Saobh-smaoin, } -e, -ntean, *s. m.* (Saobh, et Saobh-smuain, } Smaoin, vel Smuain). 1. A vain, or foolish thought: imaginatio vana. *C. S.* 2. A wicked, or dishonest thought: imaginatio iniqua. *C. S.* 3. A whim: levitas, repentinus animi impetus. *C. S.* 4. A false conception, or idea: falsa imaginatio. *C. S.*

Saod, -aoid, *s. m.* 1. Care, attention: cura, attentio. *O'R.* 2. A state, or condition: status, conditio, sors. "Tha deagh *shaod* air." *C. S.* He is very well. Valet, *lit.* sors optima est illi. 3. Hope, expectation: spes.

"Tha Lùbar 'n a steudaibh mòra,
"Nighean Mhùirne, tha do chridhe fuidh smal,
"Gun *saod* air dol tharta beò dhuit."
S. D. 137.

(The stream of) Lubar rolls (is) in huge billows; daughter of Morna thy heart is sad, without hope of crossing them alive. Currit (est) Lubar (flumen) fluctibus magnis, filia Mornæ est tuus animus sub mœrorem, sine spe transeundi illos viva. 4. A track, or journey: iter. *O'B.*

Saodach, -aiche, *adj.* (Saod). 1. Careful, attententive: diligens, curiosus. *C. S.* 2. In good condition, in good health: valens. *C. S.*

Saodachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Saodaich. 1. Driving, act of driving cattle to pasture, or to a resting place for the night: pecudes agendi ad pascuum, vel pro nocte in locum quietis, actus. *C. S.* 2. Act of driving away cattle from forbidden pasture: a pascuis vetitis pecudes abigendi actus. *C. S.*

Saodaich, -idh, sh, *v. a.* 1. Drive cattle, or flocks, to pasture, or to a resting place for the night: pecudes age ad pascuum, vel ad locum quietis pro nocte.

"*Saodaichidh* 'n t-uan a naomh-threud féin,
"Gu tobar slàint' nach tràigh."
Macf. Par. xliii. 6.

The Lamb shall drive his holy flock to a well of salvation, that will not fail: Aget Agnus (Dei) suum sanctum gregem (ipsius) ad fontem salutis qui non deficiet. 2. Drive away cattle, or flocks from forbidden pasture: à pascuis vetitis armenta, vel pecora depelle, vel abige. *C. S.* 3. Tend, take care of: cura, deduc. *O'R.*

Saodaichte, *pret. part. v.* Saodaich. 1. Driven to pasture, or a resting place for the night (of cattle, or flocks): ad pascuum, vel pro nocte ad locum quietis actus (de pecore). *C. S.* 2. Driven away from forbidden pasture: à pascuo vetito abactus, vel depulsus. *C. S.* 3. Tended, taken care of: curatus, deductus. *C. S.*

Saodmhor, -oire, *adj.* (Saod, et Mòr). 1. In good condition, in good health: bene se habens. *Macf. V.* 2. Prosperous successful: felix, secundus. *Macf. V.*

Saoghal, -ail, -an, *s. m.* 1. A world, the world: mundus, orbis terrarum. "Oir ciod an tairbhe a ta ann do dhuine, ged choisneadh e an *saoghal* uile, agus 'anam féin a chall." *Mat.* xvi. 26. For what profit is it to a man if he shall gain the whole world, and lose his own soul? Quid enim est commodum homini, si lucratus fuerit totum mundum, et suam animam amitti. 2. An age, or generation: seculum ævum. "Gu *saoghal* nan *saoghal*." *Eph.* iii. 21. Throughout all ages. In sæcula sæculorum. 3. Life, or lifetime: vita, ætas.

"Buan-*shaoghal* agus amsir, chian,
"Bheir thus' a Dhia, do 'n Righ."
Ross. Salm. lxi. 6.

Long life, and many days, (*lit.* distant time), thou wilt give, O God, to the king. Vitam longam et tempus longinquum, dabis, O Deus, regi. 4. Means, wealth, substance, riches: res familiares, copia rerum, divitiæ. "Mo chuid de 'n t-*saoghal* thu." *C. S.* My treasure art thou. Mea portio mundi tu. i. e. Dilectus meus, vel dilecta mea. "M' ulaidh de 'n t-*saoghal*." *C. S.* My treasure of the world: corculum meum. 5. Business of life, occupation, pursuits: vitæ curæ, rerum suarum studium, occupatio, fortuna.

"'S mairg bheir géill do 'n t-*saoghal* shalach,
"Air na daoine còire 's olc d' aithne,
"Bheir thu ni do 'n daoi nach airidh,
"'S fàgaidh tu falamh an saoi." *Stew.* 346.

Pitiable is he who yields to the filthy world; evil is thy dealing with honest men; thou givest to the undeserving wicked one, and leavest empty the righteous one. Miserandus est qui dedit (sese) mundo impuro, cum viris probis mala est tua familiaritas; dabis remim probo non merito, et relinques vacuum integrum (virum).

Saoghalach, -aiche, *adj.* (Saoghal). 1. Worldly, of the world: secularis, mundanus. *C. S.* 2. Long-lived: longævus. "Cha robh sibh *saoghalach*." *R. M'D.* 287. You were not long-lived. Non fuistis longævi. *Id. et* "Fad-shaoghalach." *Macf. V.* "Geàrr *shaoghalach*." *Macf. V.* Short-lived: caducus, brevis ævi. 3. *C. S.* Vide Saoghalta.

Saoghalachd, *s. f. ind.* (Saoghalach). 1. Long-

life, longevity: longævitas. *C. S.* 2. *C. S.* Vide Saoghaltachd.

SAOGHALAN, -AIN, *s. m.* (Saoghal), An old man: senex. *O'R.*

SAOGHALTA, -AILTE, } *adj.* (Saoghal). 1. Worldly, of the world: terrestris, mundanus. *C. S.* 2. Worldly, devoted to the world, covetous: rebus terrestribus devotus, avarus. " A' teagasg dhuinn gach mi-dhiadhachd agus ana-mianna *saoghalta* àicheadh." *Tit.* ii. 12. Teaching us to deny all ungodliness and worldly lusts. Docens nos quamque impietatem, et cupiditates mundanas negare. 3. Impious, ungodly: impius, minimè religiosus. *C. S.*
SAOGHALTACH, -AICHE, }

SAOGHALTACHD, *s. f. ind.* (Saoghalta), A love of worldly things, or a conformity to the ways of the world: mundanarum rerum concupiscentia, vel ad mundanos mores assentio. *C. S.*

SAOI, } *adj.* 1. Good, worthy, deserving: bonus, dignus, bene meritus. *Macf. V.* et *C. S.* 2. Generous, brave, magnanimous: generosus, fortis, magnanimus. *C. S.* et *MSS.* 3. Godly, pious: religiosus, pius. *C. S.*
SAOIDH, -E, }

SAOI, } -E, -EAN, *s. m.* 1. A good, worthy, or deserving person: bonus, dignus, bene meritus quis. *C. S.*
SAOIDH, }

" 'N tra chi mac an Luinn *saoi* 'n a airc,
" Is ro- ait leis fuil nan cliar."
S. D. 210.

When the son of Luno (Fingal's sword) beholds the deserving in peril, exceedingly grateful to him is the blood of warriors. Quum conspicit filius Lunonis (i. e. Fingali gladius) meritum in discrimine (versatum), est maximè gratus illi sanguis bellatorum. 2. A generous, brave, or magnanimous man: generosus, fortis, magnanimus quis. *C. S.* 3. A warrior: bellator.

" Tha 'n ceò ag dìreadh o Laoire,
" 'S a' fàgail 'n an suain *saoidhean* Mhànuis."
S. D. 204.

The mist ascends from Lora, and leaves the warriors of Manos asleep. Ascendit nebula a Lora, et relinquit in eorum somnio bellatores Manos. 3. A righteous man: integer, justus quis.

" Thig beul an t-*saoi* air gliocas glan."
Ross. Salm. xxxviii. 30.

The mouth of the righteous man speaketh concerning pure wisdom. Loquitur os justi de sapientia pura. 4. A learned man; vir doctus, eruditus quis. *O'B.* et *O'R.* " Saoi-dana." A poet: poeta. *Wel.* Syw, learned: doctus. *Dav.*

SAOIBH, -E, *adj.* 1. Foolish, senseless: rationis expers. *C. S.* et *MSS.* 2. Peevish, morose: protervus, iracundus, morosus. *C. S.*

SAOIBH-CHLEASACHD, -AN, *s. f.* (Saobh, et Cleasachd), Buffoonery: facetia inepta et vulgaris. *O'R.*

SAOIBHIR, -E, et -BHRE, *adj.* Rich, wealthy; locuples, dives. " Agus bha Abram ro-*shaoibhir* ann an spréidh, ann an airgiod, agus ann an òr." *Gen.* xiii. 2. And Abram was very rich in cattle, in silver, and in gold. Et erat Abram valdè locuples pecore, argento, et auro.

SAOIBHINEACH, -EICHE, *adj.* (Saoibh). *C. S.* Id. q. Saoibh, *adj.*

SAOIBHNEAS, -EIS, *s. m.* (Saobh, et Aoibhneas), Dulness heaviness, sorrow: mœror, tristitia *Oighnam.* 77.

SAOIBHNEASACH, -AICHE, *adj.* (Saoibhneas), Causing dulness, heaviness, or sorrow: mœrorem, tristitiam afferens. *C. S.*

SAOIBHREACHADH, *s. m.* et *pres. part. v.* Saoibhrich. 1. Enriching, act of making rich: divitias cuiquam augendi, divitem reddendi actus. *C. S.* 2. Prospering, state of prospering, prosperity: rebus secundis fruendi status, prosperitas. *C. S.*

SAOIBHREAS, -EIS, (Saoibhir). 1. Wealth, opulence, affluence: divitiæ, copia rerum, vel pecunia. " Is fearr beagan aig an duine ionraic na saoibhreas mhòran dhroch dhaoine." *Salm.* xxxvii. 16. A little that a righteous man hath, is better than the riches of many wicked men. Est melius parum apud virum justum, quàm divitiæ multorum pravorum hominum. 2. Prosperity, success: prosperitas, res secundæ. *C. S.* Vide Soirbheas.

SAOIBHRICH, -IDH, SH, *v. a.* et *n.* (Saoibhir). 1. Enrich, make rich: locupleta, divitias cuiquam auge. *C. S.* 2. Prosper: prospera, rebus secundis fruere. *C. S.* Vide Soirbhich.

SAOIBHRICHTE, *pret. part. v.* Saoibhrich. Enriched, made rich: locupletatus. *C. S.*

SAOIDHEAN, -EIN, -AN, *s. m.* The coal-fish in its second, third, and fourth year: gadus carbonarius, (*Linn.*) secundo, tertio, et quarto anno. *Hebrid. Scot.* Seath, Seeth, Seth, Saith, and Sey. *Jam.*

SAOIDHEANACH, -AICHE, *adj.* (Saoidhean), Abounding in coal-fish: gadis carbonariis frequens. *C. S.*

SAOIL, -E, -EAN, *s. f.* 1. A seal: sigillum. *C. S.* 2. The impression of a seal: sigilli impressio. *C. S.* 3. Any mark, or impression: impressio, vel nota quævis. *C. S.* 4. A resemblance, likeness: imago. *Wel.* Sel. *Arm.* Siell, Sihell. *Fr.* Sceau.

SAOIL, -IDH, SH, *v. a.* (Saoil). 1. Seal, mark with a seal: sigillum impone. *C. S.* 2. Mark, bestow a mark: nota, signum quodvis impone. *C. S.*

SAOIL, -IDH, SH, *v. n.* Think, suppose, imagine: cogita, imagina. " 'S iomadh rud a thig air an laogh nach *saoil* a mhàthair." *Prov.* Many a thing happens the calf that its mother thinks not of. Multa contingunt vitulo quæ non cogitat ejus mater. " *Shaoil* e gur nàmhaid a bh' ann." *Fing.* ii. 501. He thought it was an enemy. Putavit ille hostem esse.

SAOILEACHDAINN, -E, -EAN, *s. m.* et *pres. part. v.* Saoil. A supposition: opinatio. *Provin.*

SAOILNEAS, } -EIS, -AN, *s. m.* An opinion, supposition: opinio, opinatio. *C. S.*
SAOILTINNEAS, }

SAOILEADH, -EIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Saoil. Sealing, act of sealing, marking with a seal, bestowing a mark: sigillum imponendi, vel signum quodvis imponendi actus. *C. S.*

SAOILSINN, } -E, *s. f.* et *pres. part. v.* Saoil. Thinking, act of thinking, supposing, or imagin-
SAOILTINN, }

ing: cogitandi, imaginandi actus. *Macf. V.* et *C. S.*

SAOILTE, *pres. part. v.* Saoil. Sealed, marked with a seal: sigillatus, sigillo impressus. *C. S.*

SAOI-OILEANTA, -EINTE, *adj.* (Saoi, et Oileanta), Well-trained: bene instructus. *C. S.*

SAOIRE, *adj. comp.* of Saor, q. vide.

SAOIREAD, -EID, *s. m.* (Saor, *adj.*), Cheapness, degree of cheapness: vilitas, vilitatis gradus. " Air a *shaoiread.*" *C. S.* Be it ever so cheap: quam vilis sit. *C. S.*

SAOIRSE, *s. f. ind.* (Saor), *C. S.* Vide Saorsa.

SAOIRSEACH, -EICHE, *adj. C. S.* Vide Saorsachail.

SAOIRSEACHD, *s. f. ind.* (Saor). *Llh.* et *C. S.* Vide Saorsachd.

SAOIRSINN, SAOIRSNE, } -E, *s. f. C. S.* Vide Saorsainn.

SAOIRSNEACHD, *s. f. ind. C. S.* Vide Saorsainneachd.

SAOITH, -E, *s. m. MSS.* Vide Sùthaidh.

SAOITHEAG, -EIG, -AN, *s. f.* Vide Sùbhag.

SAOITHREACH, -EICHE, *adj. C. S.* Vide Saothrach.

SAOR, -AOIRE, *adj.* 1. Free, at liberty, not enslaved: liber. " Ma cheannaicheas tu òglach Eabhruidheach, sè bliadhna ni e seirbhis; agus 's an t-seachdamh, théid e mach *saor*, a nasguidh." *Ecs.* xxi. 2. If thou buy a Hebrew servant, six years shall he serve; and in the seventh he shall go out free, for nothing. Si emeris servum Hebræum, sex annis serviet; et septimo exibit liber, gratis. 2. Uncompelled, unrestrained, free from engagements of any kind: solutus, minimè compulsus, vel coactus. " Agus mar bi a' bhean toileach air thusa a leantuinn, an sin bithidh tu *saor* o m' mhionnaibh so." *Gen.* xxiv. 8. And if the woman be not willing to follow thee, then thou shalt be free from this my oath. Et si nolet mulier illa sequi te, tum eris solutus ab mea adjuratione hac. 3. Permitted, allowed: permissus, concessus. " Tha sin *saor* dhomh dhèanamh." *C. S.* I am free to do so, *i. e.* it is allowed me to do so. Licet mihi id facere. 4. Freed, set at liberty: liberatus. " Ni an fhìrinn *saor* sibh." *Eoin.* viii. 32. The truth shall make you free. Veritas vindicabit vos in libertatem. " Cò a chuir a mach an t-asal fiadhaich *saor?*" *Iòb.* xxxix. 5. Who hath sent out the wild ass free? Quis dimisit asinum ferum liberatum? 5. Exempt, clear: exemptus, immunis, expers. " *Saor* o àmhghar." *C. S.* Free, or clear from distress. Exemptus ab re adversa. 6. Free, gratuitous, not purchased: gratuitus, non pretio emptus. " Ach a ta 'n *saor*-thabhartas o mhòran chiontaibh chum fìreanachaidh." *Rom.* v. 16. But the free gift is of many offences unto justification. Sed est gratuitum donum ab multis criminibus in justificationem. 7. Free, liberal, frank, not parsimonious: munificus, liberalis, ingenuus, minimè parcus. " Bheir mi dhàsan air am bheil tart, de thobar uisge na beatha gu *saor.*" *Taisb.* xxi. 6. I will give unto him that is athirst of the well of the water of life freely. Dabo illi cui sitis est è fonte aquæ vitalis liberaliter. 8. Free unrestrained, unrestricted: minimè repressus, vel minimè restrictus. " De gach uile chraoibh 's a' ghàradh, feudaidh tu itheadh gu *saor.*" *Gen.* ii. 16. Of every tree in the garden thou mayest freely eat. De omni arbore in horto, licet tib comedere liberè. 9. Cheap: vilis, pretio facilis. *Stew.* 318. 10. Free, familiar, conversing without reserve: familiaris, intimus, conjunctissimus, familiariter cum aliquo colloquens.

" Cia mar 's léir dhomh ni taitneach,
" Dh'aindeoin pailteis mo mhaoin,
" 'S mi as eugmhais do mhànrain,
" Bhiodh gun àrdan rium *saor?*"
Stew. 163.

How can I behold any thing pleasant, notwithstanding the abundance of my wealth; whilst I am without thy converse, that was wont to be free to me, without pride? Quomodo perspiciam ullum amœnum, quamvis abundat copia rerum mearum, et (quòd) sim absque tua collocutione, quæ esset sine superbia mihi conjunctissima? 11. Free without obstructions, or impediments: solutus, nullo impedimento obsitus. *C. S.* 12. Easily split, or broken, (of wood, or stone): discissu, vel fractu facilis. *C. S.* " Cloch *shaor.*" *C. S.* Free-stone: saxum vivum.

SAOR, -AIDH, SH, *v. a.* (Saor, *adj.*). 1. Free, deliver, rescue, liberate: libera, exime, eripe, expedi.

" Be sin a *shaor* mi o bheum nan sleagh."
S. D. 325.

That was what rescued me from the stroke of the spears. Id fuit quod eripuit me ictui hastarum. 2. Save, redeem: serva, conserva, salvum præsta, redime. " *Shaor* e daoine eile, e féin a shaoradh ni 'n comasach e." *Mat.* xxvii. 42. He saved others; himself he cannot save. Servavit alios, se ipsum servare non potest. 3. Except: excipe. *C. S.* 4. Acquit: absolve. " Ma pheacaicheas mi bheir thu fa'near mi, agus o m' euceart cha *saor* thu mi." *Iòb.* x. 14. If I sin, then thou markest me, and from my iniquity thou wilt not acquit me. Si peccem, observabis me; et ab iniquitate mea non absolves me. 5. Set at liberty, disentangle: in libertatem mitte, expedi. *C. S.* 6. Cheapen, make cheaper: viliorem redde, pretium minue. *C. S.* Id. q. Saoraich.

SAOR, -AOIR, *s. m.* A carpenter: faber lignarius. " Nach e so mac an *t-saoir?*" *Mat.* xiii. 55. Is not this the carpenter's son? Nonne est hic filius fabri? " *Saor*-bhàtaichean." *C. S.* A boat carpenter: navicularum faber. " *Saor*-chloch." *C. S.* A stone-mason: latomus. " *Saor*-luinge." *C. S.* A ship builder: naupegus, vel navium faber. " *Saor*-mhuilnean." *C. S.* A miln-wright: molinarius, vel molarum faber. *Wel.* Saor.

* Saor, -aoire, *adj.* Noble: nobilis. *Llh.* et *MSS.*

SAORACH, -AICHE, *adj. MSS.* Vide Saotharach.

SAORACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Saothraich. *MSS.* Vide Saothrachadh.

SAORACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Saoraich. Cheapening, act of cheapening, or making cheaper: viliorem, reddendi, vel pretium minuendi actus. *C. S.*

SAORADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Saor. 1. Freeing, act of freeing, delivering, rescuing, or liberating: liberandi, eximendi, eripiendi, expediendi actus. " 'Ga d' *shaoradh* o 'n t-sluagh." *Gniomh.* xxvi. 17. Delivering thee from the people. Eximens te à populo. 2. Saving, act of saving, redeeming: servandi, conservandi, redimendi actus. " Eisdidh e ris o nèamhaibh a naomhachd, le neart-*saoraidh* a dheas làimh." *Salm.* xx. 6. He will listen to him from the heavens of his holiness, with the saving strength of his right hand. Exaudiet illum de cœlis suæ sanctitatis, cum vi servandi suæ dextræ manûs. 3. Acquitting, act of acquitting, or absolving: absolvendi actus. *C. S.* 4. Act of disentangling, or setting at liberty: expediendi, in libertatem mittendi, actus. *C. S.* 4. *C. S.* vide Saorachadh.

SAORAICH, -IDH, SH, *v. a.* Vide Saothraich.

SAORAICH, -IDH, SH, *v. a.* (Saor, *adj.*) Cheapen, make cheaper: viliorem redde, pretium minue. *C. S.*

SAORAICHTE, *pret. part. v.* Saoraich. Cheapened, made cheaper: vilior redditus, pretio minutus. *C. S.*

SAORACHD, *s. f. ind.* (Saor, *adj.*) 1. Freedom, state of being free: liberi status. *C. S.* 2. Cheapness: vilitas pretii, facilitas. *C. S.* Vide Saor, *adj.*

SAORANACH, -AICH, *s. m.* (Saor, et Neach). 1. A free man: libertus. *Macf. V.* 2. A burgess, citizen: municeps, civis. *Macf. V.*

SAOR-CHOMAS, -AIS, *s. m.* (Saor, *adj.* et Comas), Unrestrained liberty: licentia. *C. S.*

SAOR-CHRIDHEACH, -EICHE, *adj.* (Saor, *adj.* et Cridhe), Free-hearted, candid: ingenuus, candidus, sincerus. *C. S.* et *Macf. V.*

SAOR-CHRIDHEACHD, *s. f. ind.* (Saor-chridheach), Candour, ingeniousness: ingenuitas, æquanimitas. *C. S.*

SAOR-CHUAIRT, -E, -EAN, *s. f.* (Saor, *adj.* et Cuairt), Circulation: circulatio. *C. S.* " *Saor*-chuairt na fola." *O'R.* Circulation of the blood: sanguinis circulatio.

SAORSA, *s. f. ind.* (Saor, *adj.*) 1. Liberty, freedom: libertas. " 'S mòr an t-suim air an do cheannaich mise an t-*saorsa* so." *Gnìomh.* xxii. 28. It is a great sum with which I purchased this freedom. Est magna summa, quâ emi ego libertatem hanc. 2. Deliverance: liberatio. *C. S.* 3. Redemption, salvation: redemptio, salus, *i. e.* animæ. *Macf. V.* et *C. S.* Vide Saor, *adj.*

SAOR-INNTINNEACH, -EICHE, *adj.* (Saor, *adj.* et Inntinn). 1. Having an easy, or quiet mind: quietum animum habens. *C. S.* 2. Having freedom of thought, or liberty of conscience: libertatem sentiendi, vel animum ad quæ probat conscientia sequendum liberum habens. *C. S.*

SAOR-INNTINNEACHD, *s. f. ind.* (Saor-inntinneach). 1. Ease, or quietness of mind: animi quies. *C. S.* 2. Liberty of thought, or of conscience: animi libertas, vel conscientiæ libertas. *C. S.*

SAORSACH, -AICHE, } SAORSACHAIL, -E, } *adj.* (Saor, *adj.*) 1. Free, unrestrained: liber, solutus. *C. S.* 2. Giving freedom: libertatem concedens, vel afferens. *C. S.*

SAORSACHD, *s. f. ind.* (Saor, *s.*) *C. S.* Vide Saorsainneachd.

SAORSADH, -AIDH, *s. f.* *C. S.* Vide Saorsa.

SAORSAINN, -E, -EAN, *s. f.* Vide Saorsa.

SAORSAINNEACHD, *s. f. ind.* (Saor, *s.*) The trade of a carpenter, or joiner: fabri lignarii ars, vel occupatio. *C. S.*

SAORSANACH, -AICH, *s. m.* 1. A helper at work: coadjutor. *Sh.* et *O'R.* 2. A free labourer: opifex liber. *O'B.*

SAOR-SHEILBH, -E, -EAN, *s. f.* (Saor, *adj.* et Seilbh), A freehold, or possession: possessio libera. *C. S.*

SAOR-SHEILBHEADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Saor-sheilbh, et Fear), A freeholder, one having a free possession: qui possessionem liberam habet. *C. S.*

SAOR-THABHAIRTEAR, -IR, -AN, *s. m.* (Saor, *adj.* et Tabhairtear), One who gives freely, voluntarily, liberally, or gratuitously: qui libenter, liberaliter, vel gratuitò dat. *C. S.*

SAOR-THABHARTAS, -AIS, -AN, *s. m.* (Saor, *adj.* et Tabhartas), A free gift, a free-will offering: liberum donum. *C. S.*

SAOR-THIÒDHLAIC, -E, -EAN, *s. m.* (Saor, *adj.* et Tiodhlaic). *C. S* Id. q. Saor-thabhartas.

SAOR-THOIL, -E, *s. f.* (Saor, *adj.* et Toil), Free-will: libera voluntas. *C. S.*

SAOR-THOIRBHEARTAS, -AIS, *s. m.* (Saor, *adj.* et Toirbheartas), A free gift: donum gratuitum. *Rom.* v. 16.

* Saoth, -aoith, *s. f.* 1. Labour: labor. *O'R.* 2. Tribulation: afflictio. *O'R.* 3. Punishment, penance: pœna, pœnitentia. *O'R.* 4. A disorder, disease, or evil: morbus, malum. *Llh.* et *O'B.* 5. A prince: princeps. *O'R.* et *MSS.* 6. Life, existence: vita. *O'R.*

SAOTHACH, -AICH, -EAN, *s. m.* *Macf. V.* Vide Soitheach.

SAOTHAIR, -THRACH, -AN, et -THRAICHEAN, *s. f.* Labour, toil, work, pains: labor, opus, opera, industria. " Deanaibh *saothair* cha 'n ann air son a' bhìdh a theirgeas, ach air son a' bhìdh a mhaireas chum na beatha siorruidh." *Eòin.* vi. 27. Labour, not for the meat which perisheth, but for the meat that endureth unto everlasting life. Operemeni, (*lit.* Facite operam), non pro cibo qui perit, sed pro cibo qui permanet in vitam æternam. " Gabh *saothair.*" *C. S.* Bestow pains. Da operam. " Luach saothrach." *C. S.* Wages, payment; *lit.* value of labour: merces, stipendium; *lit.* operæ valor. " *Saothair*-chloinne." *C. S.* Travail, labour of child-birth: partûs dolores.

SAOTHRACH, *gen.* of Saothair, q. vide.

SAOTHARACH, } SAOTHRACH, } SAOTHRACHAIL, } -AICHE, et -E, *adj.* (Saothair). 1. Laborious, taking great pains, bestowing much labour: laboriosus.

" An sin gu *saothrach*, sgìth,
" Shuidh Garna sìos." *S. D.* 146.

Then, laborious, and fatigued, Garno sat down. Tunc laboriosus defessusque, sedit Garno, (*lit.*

deorsum). 2. Difficult: arduus, difficilis. *C. S.* 3. That costs much pains, or labour: quod multo labore consequitur, vel perficitur. *C. S.*

SAOTHRACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Saothraich. Labouring, act of labouring, bestowing pains, or care: operam dandi, laborandi actus. *C. S.*

SAOTHRAICH, -IDH, SH, *v. a.* et *n.* (Saothair). 1. Labour, work, bestow pains: opera, labora, operam da. " Sè làithean *saothraichidh* tu, agus ni thu t' obair uile." *Ecs.* xx. 9. Six days shalt thou labour, and do all thy work. Sex diebus operabis, et conficies tuum opus omne. 2. Labour, till the ground: terram cole. " *Shaothraich* e a chuid fearainn." *C. S.* He has laboured (tilled) his land. Coluit ille suos agros.

SAOTHRAICH, -E, -EAN, *s. m.* (Saothair). 1. A labourer: opifex, operarius. " Dean dìchioll air thu féin a nochdadh dearbhta do Dhia, a' d' *shaothraiche* nach ruig a leas nàire a ghabhail." 2 *Tim.* ii. 15. Study to approve thyself unto God, a workman that needeth not to be ashamed. Stude te ipsum probatum sistere Deo, operarium cui non necessè sit concipere pudorem. 2. One who takes much pains, a plodding person: qui multum laborem dat, sedulus quis. *C. S.*

SAPAIR, SAPHEIR, } -E, -EAN, *s. m.* A sapphire, precious stone: sapphirus. *Taisb.* xxi. 19.

SÀR, An augmentative particle, or prefix, expressing a great degree of any quality; prefixed to substantives and adjectives: præfixum, augendi vim habens, et maximum gradum qualitatis cujusvis adhibens. " Cothrom," an opportunity: occasio. " *Sàr*-chothrom." An excellent opportunity: occasio felicissima. " Maith," good: bonus. " *Sàr*-mhaith." Exceedingly good: valdè bonus. *Germ.* Sehr, et Ser, valde, particula intendendi. *Wacht. Isl.* Sár, et Sára, id. q. *Germ.* Ser.

SÀR, *adj.* Excellent: illustris, eximius.

" Tha òig-fhear do ghràidh gun tuar,
" Fo lann Chuchullin bu *shàr.*" *Fing.* i. 469.

The youth of thy love is dead (without sense) beneath the sword of the excellent Cuchulin. Est juvenis tui desiderii sine sensu, sub ferro Cucullinis qui (erat) est eximius.

SÀR, SÀRA, } -ÀIR, et -A, *s. m.* A hero: heros.

" Cha robh eagal air *sàra* riamh."
Conl. et *Cuth.* 86.

A hero was never afraid. Haud fuit metus super heroa unquam.

SÀR, -ÀIR, *s. m.* 1. Oppression, violence: oppressio, violentia. " Cha d' rinn *sàr*, nach d' fhuiling *sàr.*" *Prov.* None oppressed but was oppressed (again). Non fecit violentiam, qui non passus fuit violentiam. 2. Distress, difficulty: angustiæ. *C. S.* 3. *C. S.* vide Sàradh.

SAR, -AIR, -AN, *s. f.* A sheep-louse: pediculus ovinus. *C. S.*

SARACH, -AICHE, *adj.* (Sar), Abounding in sheep-lice: pediculis ovinis scatens. *C. S.*

SÀRACH, -AICH, *s. m. S. D.* 189. Vide Sàrachadh.

SÀRACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Sàraich. 1. Oppressing, act of oppressing, distressing, or doing violence to any one: opprimendi, violentiam agendi, vel afferendi alicui actus. *S. D.* 214. 2. Harrassing, wearying, or fatiguing: fatigandi, inquietandi, vexandi actus. *C. S.* 3. Wronging, act of wronging, or injuring: injuriam afferendi actus. *C. S.* 4. Act of rescuing violently, or illegally: vi, vel contra legem eripiendi actus. *C. S.* 5. Oppression, violence: oppressio, violentia. *C. S.*

SÀRACHAIL, -E, *adj.* (Sarachadh). 1. Oppressing, using violence: opprimens, violentiam adhibens. *C. S.* 2. Harassing, fatiguing, wearying: fatigans, vexans, inquietans. *C. S.* 3. Wronging, injuring, that injures: injuriam afferens. *C. S.* 4. Wearisome, burdensome: gravis, arduus. *C. S.*

SÀRACHAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Sàraich). *C. S.* Id. q. Sàraiche.

SÀRADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* (Sàr, *s.*) 1. An arrestment for debt, a distraining: pecuniæ penes alium lege comprehensio, ad æs alienum solvendum. *C. S.* 2. An obstacle, opposition, or impediment: impedimentum, obstaculum. *C. S.*

SARAG, -AIG, -AN, *s. f. dim.* of Saor. A little louse: pediculus ovinus minusculus. *C. S.*

SÀRAICH, -IDH, SH, *v. a.* (Sàr, *s.*) 1. Oppress, distress, use violence: opprime, ad incitas aliquem redige, contere, violentiam adhibe. " Na *sàraich* an truaghan anns a' gheata." *Gnà.* xxii. 22. Oppress not the afflicted in the gate. Ne conteres pauperem in porta. 2. Harass, weary, fatigue, vex, trouble: fatiga, inquieta, vexa. *C. S.* 3. Wrong, injure, deal unjustly with one: injuriam affer. *C. S.* 4. Rescue violently, illegally, or by force: vi, contra legem, vel per violentiam eripe. *C. S.*

SÀRAICHE, -EAN, *s. m.* (Sàraich, *v.*) 1. An oppressor: direptor. *C. S.* 2. One who harasses, wearies, fatigues, or troubles: qui fatigat, inquietat, vel vexat. *C. S.* 3. One who wrongs, or injures: injuriosus quis. *C. S.* 4. One who rescues violently: qui per vim eripit. *C. S.*

SÀRAICHTE, SARUICHTE, } *pret. part. v.* Sàraich. 1. Oppressed: oppressus. *C. S.* 2. Wronged, injured: injuriâ affectus. *C. S.* 3. Harrassed, wearied, fatigued, vexed, troubled: fatigatus, vexatus. *C. S.* 4. Rescued violently: vi ereptus. *C. S.*

SÀRDAIL, -E, -EAN, *s. f.* A sprat: sardina. *Macf. V.*

SÀR-DHOCHAR, -AIR, -AN, *s. m.* (Sàr, *pref.* et Dochar), Excessive hurt: damnum eximium. *O'R.* et *C. S.*

SÀR-DHUINE, -UOINE, *s. m.* (Sàr, *pref.* et Duine). *C. S.* Id. q. Sàr-fhear.

SAR-FHEAR, -IR, *s. m.* (Sàr, *pref.* et Fear), An excellent man: vir eximius. *C. S.*

SÀR-FHIOS, -A, *s. m.* (Sàr, *pref.* et Fios), A certain knowledge: accurata, vel intima scientia. *C. S.*

SÀR-FHIOSRACH, -AICHE, *adj.* (Sàr, *pref.* et Fiosrach), Having complete, or perfect knowledge: scientiam intimam habens. *C. S.*

SÀR-MHAIS, -E, *s. f.* (Sàr, *pref.* et Mais), Exceeding beauty, or handsomeness: pulchritudo eximia. *C. S.*

Sàr-mhaiseach, -eiche, *adj.* (Sàr, et Maiseach), Exceedingly beautiful: valdè pulcher. *C. S.*

Sàr-mhaith, *adj.* (Sàr, *pref.* et Maith), Exceedingly good: eximiè bonus. *C. S.* Vide Maith.

Sàruchadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sàruich. *C. S.* Vide Sàrachadh.

Sàruich, -idh, sh, *v. a.* *C. S.* Vide Sàraich.

Sàruichte, *pret. part. v.* Sàruich. *C. S.* Vide Sàraichte.

Sàr-umhal, -aile, *adj.* (Sàr, et Umhail), Very obedient, most obedient: maximè obediens. *C. S.*

Sàs, -àis, *s. m.* 1. Straits, difficulties, adversity: angustiæ, res adversæ.

" Cha 'n éisdeamaid ceòl no clàr,
" 'S mac Mòrna bhi 'n *sàs* teann."
S. D. 58.

We would not listen to music, or harp, while Morna's son was in hard straits. Non audiremus melos, vel citharam, et filio Mornæ versato in angustiis gravibus. 2. Confinement, restraint: coërcitio, cohibitio. *C. S.* 3. A hold, or grasp: pugno constrictio, manû comprehensio. *C. S.* " An *sàs.*" *C. S.* Held, fixed, confined, detained: coërcitus, tentus, cohibitus, detentus.

" An làthaich dhomhain tha mi 'n *sàs.*"
Ross. Salm. lxix. 2.

I am held (fixed) in deep mire. In cœno profundo teneor. " Tha e '*n sàs* agam." *C. S.* I have got a hold of him. Teneo illum. " Cuir *an sàs.*" *C. S.* Fix: infige. " Chuir e 'ìngnean *an sàs* annam." *C. S.* He fixed his nails into me. Infigit (ejus) ungues in me.

Sàs, -àis, -an, *s. m.* 1. An instrument, or engine: instrumentum quodvis, machina. *Macf. V.* et *MSS.* 2. Means: causæ, instrumenta, agendi ratio, vel modus. *Sh.*

• Sàs, *adj.* Capable: capax. *Gill.* 126.

Sàs, -aidh, sh, *v. a.* (Sàs, *s.*) 1. Lay hold of, seize upon: corripe. *C. S.* 2. Fix upon, adhere to: fige, infige alicui. " Thàinig nathair nimhe mach as an teas, agus *shàs* i 'n a làimh." *Gnìomh.* xxviii. 3. There came a viper out of the heat and fastened upon his hand. Prodiit vipera e calore, et infixit (sese) in ejus manum. *Fr.* Saisir.

Sàsach, -aiche, *adj.* (Sàs, *s.* et Sàsaich, *v.*) 1. Apt to grasp, lay hold of, or fasten upon: ad aliquid comprehendum promptus, vel proclivis. *C. S.* 2. Satiating, satisfying, or glutting: satians, saturans, exsaturans. *C. S.* 3. Satiated, glutted: saturatus. *C. S.*

Sàsachd, *s. f. ind.* (Sàsach). 1. A readiness to grasp, or lay hold of: ad aliquid comprehendendum proclivitas, vel promptitudo. *C. S.* 2. An abundance, satiety: copia, satietas. " Cha 'n fhuiling *sàsachd* an t-saoibhir dha codal." *Ecl.* v. 12. The abundance of the rich will not suffer him to sleep. Non permittet saturitas divitis ei dormire.

Sàsachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sàsaich. Satiating, act of satiating, filling, cloying: saturandi, satiandi, vel ad nauseam explendi actus. " Cha 'n ann an urram sam bith chum *sàsachaidh* na feòla." *Col.* ii. 23. Not in any honour to the satisfying of the flesh. Non cum reverentia ulla ad satiandum corpus.

Sasag, -aig, -an, *s. f.* A rude chair made of twisted straw: sedile stramineum. *C. S.*

Sasagach, -aiche, *adj.* (Sasag). 1. Having straw chairs: sedilia straminia habens. *C. S.* 2. Abounding in straw chairs: sedilibus stramineis frequens. *C. S.* 3. Clumsy, awkward: inhabilis, inconditus. *C. S.* 4. Corpulent, thick set: obesus, crassus. *C. S.*

Sàsaich, -idh, sh, *v. a.* (Sàth, *s.*) 1. Satisfy, fill: satura, exple. " Is beannaichte an dream air am bheil ocras agus tart na còrach: oir *sàsaichear* iad." *Mat.* v. 6. Blessed are they that hunger and thirst after righteousness, for they shall be filled. Beati sunt homines quibus est sitis et esuries justitiæ; quoniam saturabuntur. 2. Satiate, cloy: satia, ad nauseam exple. *C. S.* 3. *impr.* for Sàs, *v.* q. vide

Sàsaichte, *pret. part. v.* Sàsaich. 1. Satisfied, filled: saturatus, expletus. *C. S.* 2. Satiated, sated, cloyed: satiatus, ad nauseam expletus. *C. S.*

Sasda, -aisde, *adj.* Easy, comfortable, having peace of mind: tranquillus, rebus amœnis fruens, animi tranquillitatem habens. *C. S.* et *Macf. V.*

Sasdach, -aiche, *adj.* *C. S.* Id. q. Sasda.

Sasdachd, *s. f. ind.* (Sasda), Easiness of circumstances, comfort, peace of mind, contentment: rerum suarum amœnitas, animi tranquillitas, felicitas. *C. S.*

Sasdadh, -aidh, } *s. m.* (Sasda). *C. S.* Id. q.
Sasdas, -ais, } Sasdachd.

Sasgunnach, -aich, *s. m.* *MSS.* Vide Sasunnach.

Sàs-mhort, -oirt, *s. m.* (Sàs, et Mort, vel Mortadh), A massacre: clades. *Voc.* 113.

Sàsta, *pret. part. v.* Sàs. Fixed, fixed upon: fixus, infixus. *C. S.*

• Sasta, *adj.* Neat, handsome, elegant: nitidus venustus, splendidus. *MSS.*

Sasunnach, -aich, *s. m.* An Englishman: Anglicus. *C. S.*

Sasunnach, *adj.* (Sasunn), Of, or belonging to England: Anglicus, Anglicanus. *C. S.*

Sàth, -àith, *s. m.* 1. Plenty, great abundance: copia, abundantia. *C. S.* 2. Enough, as of meat, or drink: satis, cibi, vel potûs satus. " Thug e dhoibh an *sàth* de lon." *Salm.* lxxviii. 25. He gave them meat to the full. Dedit illis cibum ad saturitatem; *lit.* eorum saturitatem cibi. 3. A surfeit: crapula, cibi exsaturatio. " Cha 'n ith *sàth* ach cù." *Prov.* None but a dog eats to a surfeit. Non edet (quisquam ad) crapulam nisi canis, *i. e.* non contrahet (comedendo) crapulam nisi canis. *Lat.* Satis. *Germ.* Satt, Sætigen. *Wacht.* *Isl.* Saddr.

Sàth, -aidh, sh, *v. a.* 1. Thrust, transfix: feri, transfige. " Gu deimhin clachar e, no *sàthar* sleagh troimhe." *Ecs.* xix. 13. He shall surely be stoned, or shot through; *lit.* a spear shall be thrust through him. Verò lapidibus obruetur, vel jaculando conficietur; *lit.* hasta transfigetur in illum.

2. Push, squeeze: impelle, preme, comprime. *C. S.*

Sàthach, -aiche, *adj.* (Sàth, *s.* et *v.*) 1. Filling, satiating: explens, saturans. *C. S.* 2. Causing satiety, eating to satiety: satietatem afferens, comedens usque ad satietatem. *C. S.* 3. Satiated, filled, satisfied, as with food, or drink: expletus, satiatus ut cibo, vel potu. "Cha dèan a' ghlòr bhòidheach an t-amadam *sàthach*." *Prov.* Fair words will not fill the fool's stomach. Non reddet sermo speciosus stultum satiatum. 4. Thrusting, giving thrusts: feriens, sicut ferro transfodiens. *C. S.*

Sàthadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sàth. 1. A thrust: impulsus, impetus. *C. S.* 2. A push: impulsio. *C. S.* 3. Act of thrusting, pushing, or stabbing: feriendi, petendi, transfodiendi gladio, vel instrumento quovis actus. "Ma ghnàthaich an damh *sàthadh* le 'adhaircibh." *Ecs.* xxi. 29. If the ox were wont to push with his horns. Si bos solitus fuerit petere (ejus) cornibus.

Sàthail, -e, *adj.* (Sàth, *s.* et *v.*) *C. S.* Id. q. Sàthach.

Sàthachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sàthaich. *MSS.* et *C. S.* Vide Sàsachadh.

Sàthaich, -idh, sh, *v. a.* *MSS.* et *C. S.* Vide Sàsaich.

Sàthaichte, *pret. part. v.* Sàsaich. Vide Sàsaichte.

Sathairn, } -e, *s. f.* *id. et* Di-sathairn. Saturday:
Sathuirn, } dies Saturni. *C. S.*

Sb, For most words beginning with Sb, vide Sp.

Sbàirn, -e, *s. f.* 1. An effort, a struggle, an exertion of strength: conatus, conamen. "Deanaibh *sbàirn* chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann." *Luc.* xiii. 24. Strive to enter in at the strait gate. Contendite, *lit.* facite conamen strenuum, intrare per portam angustam. 2. Emulation, rivalry, a struggle: æmulatio, rivalitas, contentio, certamen. *C. S.* 3. Agony, any violent pain of body, or mind: angor, cruciatus, vel corporis, vel mentis. *Macf. V.* et *C. S.* 4. Stress, violence, force, either acting, or suffered: momentum, vis, sive agens vel in aliquem acta. *Macf. V.* et *C. S.* *Isl.* Spyrna, pedibus calcare, propellere, vel obniti.

Sbàirneil, -e, *adj.* (Sbàirn), Making great efforts, struggling: conans, magna vi contendens. *C. S.* 2. Emulous, rivalling, striving, contending: æmulans, rivalis, contendens. *C. S.* 3. Enduring agony: cruciatum vel mentis vel corporis patiens. *C. S.* 4. Causing agony: cruciatum afferens. *C. S.* 5. Laying stress upon any thing: aliqua re nitens. *C. S.* 6. Using force, or strength: vim adhibens. *C. S.* 7. Difficult hard, uneasy: arduus, difficilis, gravis. *C. S.*

Sbrogaill, -e, -ean, *s. f.* 1. The crop of a bird: avis ventriculus, vel ingluvies. *C. S.* 2. The dewlap of a beast: palear, vel palearia. *C. S.* 3. A double chin: mentum duplicatum. *C. S.*

Sbrogailleach, -eiche, *adj.* (Sbrogaill). 1. Having a large crop, (of birds): ventriculum magnum habens (de avibus). *C. S.* 2. Having a large dew-lap: palearia magna gerens. *C. S.* 3. Having a double chin: mentum duplicatum habens. *C. S.*

Sc, For most words beginning with Sc, vide Sg.

Scairt, -e, -ean, *s. f.* *Ecs.* xxix. 13. Vide Sgairt.

Scairteach, -eiche, *adj.* (Scairt). *C. S.* Vide Sgairteach.

Scaiteach, -eiche, *adj.* *C. S.* Vide Sgaiteach.

Scamhan, -ain, -an, *s. m.* *C. S.* Vide Sgamhan.

Scor, }
Scòra, } -a, -an, *Iob.* xxxix. 28. Vide Sgòr, et Sgòrr.
Scòrr, }

Sd, For words beginning with Sd, vide St.

'S e, *contr.* for Is e, He, is, or it is: ille, vel illud est. i. e. Is, *v.* et E, *pron.*

"'*S e* tùs a' ghliocais eagal Dé."
Ross. Salm. cxi. 10.

The beginning of wisdom is the fear of God. Est principium sapientiæ timor Dei. Used adverbially in answer to a question; Yes, it is. Adverbialiter usurpatur, ut vox responsionis et affirmandi. "'N e so e?" *C. S.* Is this he, or it? Estne hic ille, vel illud? "'*S e.*" Yes, it is. Imò, verò, est.

Se, *pers. pron. m. id. et* E. He: ille.

"A ta *se* 'g a mo threòrachadh."
Ross. Salm. xxiii. 2.

He leadeth me. Est ille ducens me.

Sè, } *adj.* Six: sex. "*Sè* bliadhna cuiridh tu t'
Sèa, } fhearann." *Lebh.* xxv. 13. Six years thou shalt sow thy field. Sex annis seminabis agrum tuum. *Wel.* Chwêch, et Chwe'. *Walt.* *Germ.* Sech. *Goth.* Saihs. *Belg.* Ses. *Swed.* Sex. *Gr.* ἕξ. *Hebr.* שש *shesh.* *Pers.* شیس *shes.* *Span.* Seis. *Basq.* Sei. *Ital.* Sei.

Sèab, -aidh, sh, *v. a.* et *n.* *C. S.* Id. q. Siab.

Sèabadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sèab. *C. S.* Vide Siabadh.

Seabhach, -aiche, *adj.* Trim, neat: nitidus. *MSS.* et *Provin.*

Seabhachas, -ais, *s. m.* (Seabhach), Trimness, neatness: nitor, nitidas. *Provin.*

Seabhag, -aig, -an, *s. m.* or *f.* A hawk: milvus, falco.

"Bu tu *seabhag* an t-sluaigh,
"Ris an cainteadh Rob Ruadh,
"'S maith thigeadh breacan mu 'n cuairt, is
"claidheamh dhuit."
Stew. 401.

Thou wast the hawk of the people, that wast called Rob Roy, well became thee the folded plaid and sword. Fuisti tu milvus populi, cui diceretur Robertus Rufus, bene decerent sagum versicolor circum (te) et gladius te. "Cearc-sheabhaig." *C. S.* A fowl paid of old to the falconer of the lord of the soil, a yearly tax, and paid in some parts of the Highlands till very lately: vectigal quoddam, gallina, domini agri aucupi olìm in annum soluta. *Wel.* Hebog. *Dav.* *Isl.* Haukr.

Seabhagach, -aiche, *adj.* (Seabhag). 1. Abounding in hawks: milvis frequens. *C. S.* 2. Like a hawk: milvo similis. *C. S.*

* Seabhag, -aig, -an. The spleen: lien. *Macf. V.*

Seabhagail, -e, *adj.* (Seabhag), Hawk-like, fierce: milvo similis, ferus. *C. S.*

Seabhagair, *s. m.* (Seabhag, et Fear), A falconer: auceps. *O'B.* *Wel.* Hibogydd.

Seabhagaireachd, *s. f. ind.* (Seabhagair), Falconry, the business of a falconer: aucupium, vel aucupis munus vel occupatio. *O'R.* et *C. S.*

Seabhaid, -e, -ean, *s. f.* 1. An error: delictum. *MSS.* 2. A wandering, a going astray: erratio. *C. S.*

Seabhaid, -idh, sh, *v. a.* (Seabhaid, *s.*). 1. Wander, go astray: erra, aberra. *C. S.* 2. Wander, run hither and thither: vaga, huc illuc cursita. *C. S.*

Seabhaideach, -eiche, *adj.* (Seabhaid), 1. Wandering, excursive: errans, vagans. *C. S.* 2. Apt to wander, or go astray: ad vagandum, vel aberrandum proclivis. *C. S.*

Seabhaideachd, *s. f. ind.* (Seabhaideach). 1. A wandering, habit of wandering: aberrandi, vagandi, huc illuc cursitandi consuetudo. *C. S.* 2. An aptness to wander, or go astray: ad aberrandum, vel vagandum proclivitas. *C. S.* 3. The state of being astray: aberrati status. *C. S.*

Seabhas, -ais, -an, *s. m.* (Seabhaid). 1. A wandering: erratio, vagatio. *C. S.* 2. Fatigue, weariness: fatigatio. *C. S.*

Seabhasach, -aiche, *adj.* (Seabhas). 1. Wandering: aberrans, vagans. *C. S.* 2. Wearied, fatigued: fatigatus. *C. S.*

Seabhasachd, *s. f. ind.* (Seabhasach). 1. A wandering: aberratio, vagatio. *C. S.* 2. An aptness to wander, or go astray: ad aberrandum, vel vagandum proclivitas. *C. S.* 3. Weariness, fatigue: fatigatio. *C. S.*

Seac, -aidh, sh. *v. a.* et *n.* (Seac, *adj.*) 1. Wither, cause to wither, or fade: evanescere, marescere fac. *C. S.* 2. Scorch, dry, parch: torre, adure. *C. S.* 3. Wither, become withered, fade, decay: maresce, evanesce. *C. S.* 4. Waste, decay: tabesce, maresce. *C. S.* *Wel.* Syc. *Dav.* *Fr.* Secher. Vide Seac, *adj.*

Seac, -a, *adj.* 1. Withered, decayed, shrivelled: marcidus, flaccidus, corrugatus. *C. S.* 2. Scorched, dried, parched: arefactus, aridus. *C. S.* 3. Sapless, without substance: exsuccus. *C. S.* *Wel.* Sech. *Dav.* *Arm.* Sech. *Corn.* Sekh. *Lat.* Siccus. *Span.* Secco. *Ital.* Secco. *Basq.* Siccua.

Seacach, -aiche, *adj.* (Seac). 1. Withering, or causing to wither: marescens, vel marescere faciens. *C. S.* 2. Apt to wither, withering fading: ad marescendum proclivis, marescens. *C. S.*

Seacachadh, -aidh, *s. m.* et *pres part. v.* Seacaich. 1. Withering, act of withering, or causing to wither: exarendi actus. *C. S.* 2. State of withering, or fading: exarescendi, marescendi status. *C. S.* 3. Scorching, act, or state of scorching, drying up, or parching: torrendi, adurendi actus, vel status. *C. S.* 4. Wasting, state of wasting, or decaying: tabescendi status. *C. S.*

Seacachd, *s. f. ind.* (Seac, *adj.*) State of being withered, dried up, scorched, or parched: marcidæ rei cujusvis status. *C. S.*

Seacadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Seac. *C. S.* Vide Seacachadh.

Seacaich, -idh, sh, *v. a.* et *n.* (Seac, *adj.*), Wither, shrivel: maresce, corrugatus fi. *C. S.* Id. q. Seac, *v.*

Seacaichte, *pret. part. v.* Seacaich. Withered, dried up, shrivelled, parched, wasted, decayed: marcidus, flaccidus, adustus, arefactus. *C. S.*

• Seacamh, -aimh, -an, *s. m.* A helmet: galea. *S. D.* 299

Seacanta, -ainte, *adj.* (Seac). *C. S.* Id. q. Seacach, et Seacaichte.

Seacantachd, *s. f. ind.* (Seacanta). 1. *C. S.* Id. q. Seacachd. 2. Aptness to wither: ad marescendum proclivitas. *C. S.*

Seach, -a, -an, *s. m.* A turn, alternation: alternatio. *O'R.* Used adverbially. "Fa seach." *Salm.* xviii. 26. Alternately, by turns: alternatim, vicissim.

Seach, *adv.* Past, gone by, away, aside: præteritus, seorsum.

"Amhuil sruth no deo-gréine chaidh *seach*."
S. D. 142.

Like a stream, or a sun-beam (that) has passed away. Instar fluminis, vel radii solis quod præteriit. Vide Seachad.

Seach, *prep.* 1. Past, beyond, farther than: trans ultra, longius, ulterius. "Cha téid mi *seach* so." *C. S.* I will not go farther than (beyond) this. Non ibo ulterius hunc locum. 2. More than, rather than: potius, magis quàm.

"Ciod so chum thu, ghràidh,
"*Seach* càch an I na freòine?"
S. D. 69.

What (is) this has detained thee, love, more than the rest in I-frona? Quidnam hoc, detinuit te, dilecte, magis quam cæteros in I-frona?

Seachad, *adv.* By, along, forward, onward: secus, secundum, prorsus, antrorsum.

"Tha 'n earba le siubhal sàmhach,
"A' goid *seachad* le h-àlach ciar." *S. D.* 227.

The roe with silent pace, steals along with her dusky young. Est capreola cum gradu tranquillo subducens (se), i. e. furtim præterit, cum ipsius pullo subfusco.

"—— ri taobh nan aimhnichean,
"Théid *seachad* sìos gu mall."
Ross. Salm. xxiii.

Beside the rivers that pass down slowly onward. Secundum flumina quæ præterfluunt defluuntque tardè. 2. Aside: seorsim. "Cuir *seachad* sin." *C. S.* Lay that aside. Sepone illud. "*Seachad* air." *Prep. impr.* Past, beyond: trans, ultra. "Chaidh e *seachad* orm." He bassed beyond me. Ivit ultra me.

Seachad, -aidh, -sh, (Seachad, *adv.*), Hoard, lay up: collige, congere, acerva. *Macf. V.* et *C. S.*

• Seachad, -aidh, sh, *v. a.* Deliver, surrender: trade, dede. *O'B.* et *O'R.*

Seachadach, -aiche, *adj.* (Seachad, *v.*), Hoarding, laying up: colligens, congerens, acervans. *C. S.*

Seachadachd, *s. f. ind.* (Seachadach). 1. A hoarding, or laying up: acervatio. *C. S.* 2. A disposition to hoard, or lay up: ad acervandum, vel

congerendum proclivitas. *C. S.* 3. Frugality, parsimony: frugalitas, parsimonia. *C. S.*

SEACHADADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Seachad. Hoarding, act of hoarding, or laying up: colligendi, congerendi, acervandi actus. *C. S.*

• Seachadadh, -aid, -ean, *s. m.* Tradition: traditio. *Llh.* et *O'R.*

SEACHAIN, -IDH, et -CHNAIDH, SH, *v. a. C. S.* Vide Seachainn.

SEACHAINN, -IDH, et -CHNAIDH, SH, *v. a.* 1. Avoid, shun: fuge, evita. "*Seachainn* i." *Gnà.* iv. 15. Avoid it. Evita illam.

"*Seachnaibh* an nochd an uaimh." *S. D.* 236. Avoid ye the cave to night. Fugite cavernam hac nocte. 2. Spare, dispense with, want: care. "Cha 'n urrainn mi '*sheachnadh*." *C. S.* I cannot spare, (or want) it. Non possum carere illo. 3. Lend: mutuum da. *Provin.* *Hebr.* זאח *zaach.*

SEACHAINTE, *adj.* et *pret. part. v.* Seachainn. 1. Shunned, avoided: evitatus. *C. S.* 2. *C. S.* Vide Seachanta. 3. *comp.* of Seachanta, q. vide.

SEACHAINTEACH, -EICHE, *adj.* (Seachainn). *C. S.* Vide Seachanta, et Seachantach.

SEACHAM, *prep* conjoined with *pers. pron.* (Seach, et Mi), Beyond me: extra me. *O'B. O'R.* et *MSS.*

SEACHANTA, -AINTE, *adj.* (Seachainn). 1. Shunning, avoiding: evitans, fugiens. *C. S.* 2. To be shunned, or avoided: evitandus, fugiendus. *C. S.* 3. Shunned, avoided: evitatus. *C. S.* 4. Unlucky: infaustus, nefastus. "Là seachanta." *C. S.* An unlucky day: dies infaustus.

SEACHANTACH, -AICHE, *adj.* (Seachanta). 1. Shunning, avoiding: evitans, fugiens. *C. S.* 2. *C. S.* Id. q. Seachanta.

SEACHANTACHD, *s. f. ind.* (Seantach). 1. A shunning, or avoiding: evitatio. *C. S.* 2. Unluckiness, unpropitiousness: infelicitas. *C. S.*

SEACHARAN, -AIN, -AN, *s. m. C. S.* Vide Seachran.

SEACHARANACH, -AICHE, *adj. C. S.* Vide Seachranach.

SEACHD, -A, *adj. Provin.* Vide Seac, *adj.*

SEACHD, -AIDH, SH, *v. a.* et *n. Macf. V.* Vide Seac, *v.*

SEACHD, *adj.* Seven: septem. "Tog dhomh an so *seachd* altairean." *Air.* xxiii. 1. Build me here seven altars. Extrue mihi hìc, septem altaria. *Wel.* Saith. *Dav.* *Arm.* Seich. *Corn.* Seith. *Fr.* Sept. *Pers.* هفت *huft* *Hebr.* שבע *sheba.*

SEACHDACH, -AICHE, *adj. Provin.* Vide Seacach.

SEACHDAIN, -E, -EAN, *s. f. C. S.* Vide Seachduin.

SEACHDAMH, *adj.* (Seachd), The seventh: septimus. "Ghabh e fois air an t-*seachdamh* là." *Ecs.* xx. 11. He rested on the seventh day. Quievit die septimo.

SEACHDAMH-DEUG, *adj.* (Seachdamh, et Deug. q. vide.), The seventeenth: decimus septimus. "'S an t-*seachdamh* latha *deug* de 'n mhìos." *Gen.* vii. 11. In the seventeenth day of the month. Decimo septimo die mensis.

SEACHD-DEUG, *adj.* (Seachd, et Deug, q. vide.) Seventeen: septemdecim. "'N uair a bha Ioseph *seachd* bliadhna *deug* a dh'aois." *Gen.* xxxvii. 2. When Joseph was seventeen years of age. Quum fuit Ioseph septemdecim annos natus.

SEACHD-MHìOS, -A, *s. m.* (Seachd, et Mìos), The seventh month, September: Septembris mensis. *Macf. V.*

SEACHD-MHìOSACH, -AICH, *s. m.* (Seachd, et Mìos), A child born in the seventh month of pregnancy: infans qui septimo mense prægnationis nascitur.

SEACHD-MHìOSACH, *adj.* (Seachd, et Mìos), Born in the seventh month of pregnancy: septimo mense prægnationis natus. "Leanabh *seachd-mhìosach.*" *C. S.* A seventh month child: infans septimo mense prægnationis natus.

SEACHDNAR, Seven men, or women: septem homines, vel septem mulieres. "Thugar dhuinn *seachdnar* d' a mhic-san." 2 *Sam.* xxi. 6. Let seven of his sons be delivered to us. Dentur nobis septem homines ex ejus filiis.

SEACHD-FILLTE, } *adj.* (Seachd, et Fillte), Seven-fold: septemplex. *C. S.*
SEACHD-FILLTEACH, }

SEACHD-REULTAN, *s. pl.* (Seachd, et Reul), The Pleiades: Pleiades. *Macf. V.*

SEACHD-SHLISNEACH, *adj.* (Seachd, et Slios), Heptagonal: septem angulis instructus. *C. S.*

SEACHD-SHLISNEACH, -EICH, -EAN, *s. f.* (Sliochd, et Slios), A heptagon: heptagon, septem angulis figura instructa. *C. S.*

SEACHD-SHLISNEAG, -EIG, -AN, *s. f.* (Seachd, et Slios). *C. S.* Id. q. Seachd-shlisneach, *s.*

SEACHDUIN, -E, -EAN, *s. f.* (Seachd, et Ùine), A week: hebdomada. "Tha mi a' trasgadh dà uair 'san t-*seachduin.*" *Luc.* xviii. 12. I fast twice in the week. Jejuno bis hebdomadâ. "*Seachduin* bho 'n diugh." *C. S.* This day se'enight. Septem dies hinc. "*Seachduin* na luaithre." *Macf. V.* Ember-week: hebdomada cinerea. "*Seachduin* na h-athchuinge." *MSS.* et *C. S.* Rogation-week: ambarvalia.

SEACHDUINEACH, -EICHE, *adj.* (Seachduin), Weekly: hebdomadalis. *C. S.*

SEACH-LABHAIR, -BHRAIDH, SH, *v. n.* (Seach, *prep.* et Labhair), Allegorize, speak allegorically: parabolico sermone utere. *C. S.*

SEACH-LABHAIRT, -E, *s. f.* et *pres. part. v.* Seach-labhair. Speaking, act of speaking allegorically: parabolico sermone utendi actus. *C. S.*

SEACH-LABHRACH, -AICHE, *adj.* (Seach-labhair), Speaking allegorically: sermone parabolico utens. *C. S.*

SEACH-LABHRADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* (Seach-labhair), An allegory: allegoria. *Macf. V.*

SEACHLACH, } -AICH, -AICHEAN, (Seach, et Laogh), A heifer that continues barren after she is of age to have a calf: juvenca infœcunda. *C. S.*
SEACHLAOGHACH, }

SEACHLAIMH, -E, *adj.* (Seach, et Làmh), Remaining, that which has not been wasted: reliquus, residuus. *N. H.* "Tha e air *seachlaimh.*" *N. H.* It is remaining, it is preserved: reliquum est, vel conservatum est.

• Seachmhal, -aill, -an, *s. m.* 1. Forgetfulness:

oblivio. *O'B.* et *O'R.* 2. A digression: digressio. *O'R.* 3. Partiality: iniquitas. *O'R.*

• Seachmhalla, } -aiche, *adj.* Forgetful: obliviosus. *O'B.* et *O'R.*
• Seachmhallach, }

SEACHNACH, -AICHE, *adj.* (Seachainn). 1. Avoiding, shunning: evitans, fugiens. *C. S.* 2. Avoidable: evitabilis. *C. S.*

SEACHNACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Seachnaich. *C. S.* Id. q. Seachnadh.

SEACHNADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Seachainn. Avoiding, act of avoiding, or shunning: evitandi, fugiendi actus. *C. S.* 2. Lending, act of lending: mutuo dandi actus. *Provin.*

SEACHNAICH, -IDH, SH, *v. a.* *C. S.* Id. q. Seachnaich.

SEACHNAICHTE, *pret. part. v.* Seachnaich. 1. Avoided, shunned: evitatus, fugitus. *C. S.* 2. Lent: mutuo datus. *Provin.*

SEACHRAIN, -IDH, SH, *v. n.* (Seachran, *s.*) Err, go astray, wander: aberra, vaga. *C. S.*

SEACHRAN, -AIN, -AN, *s. m.* 1. A wandering, a going astray: aberratio, vagatio.

"Le saighead an *seachran* na frìthe,
"Lotadh cìochan geala Ghràine."
S. D. 107.

we (ourselves) were courteous to her. Virgo nova quæ venit procul; fuimus nos ipsi illi (ante illam) benigni. 4. Pliant, pliable: flexilis. *MSS.* et *O'R.* 5. Prosperous: felix, fortunatus. *O'R.*

Soirbhe, *s. f. ind.* (Soirbh). 1. Easiness, facility: facilitas. *C. S.* 2. Calmness, quietness, gentleness: tranquillitas, mansuetudo, comitas. *C. S.* 3. Affability, courteousness, kindness: benignitas, affabilitas. *C. S.* 4. Pliability, pliableness: flexilitas. *C. S.* 5. Prosperity: felicitas, fortuna secunda. *O'R.*

Soirbheach, -eiche, *adj. Gill.* 117. Vide Soirbh.

Soirbheachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Soirbhich. Act, or state of prospering, or succeeding: fortunâ prosperâ utendi actus, vel status. " Feuch, is iad sin na daoine aingidh, tha a' *soirbheachadh* 's an t-saoghal." *Salm.* lxxiii. 12. Behold, these are the ungodly men, who prosper in the world. Ecce, illi sunt homines (isti) improbi qui florent in mundo.

Soirbheachd, *s. f. ind. C. S.* Vide Soirbhe.

Soirbheas, -eis, *s. m.* (Soirbh), Prosperity, success: prosperitas, res secundæ. " Oir ghabh mi tnù ri h-amadanaibh, ri faicinn *soirbheis* dhaoine aingidh." *Salm.* lxxiii. 3. For I was envious at fools, at seeing the prosperity of the wicked. Etenim cepi invidiam insipientibus, inter aspiciendum prosperitatem improborum. 2. A fair wind: ventus secundus. *Macf. V.* et *MSS.*

Soirbheasach, -aiche, *adj.* (Soirbheas), Prosperous, successful; rebus secundis utens, fortunatus, felix. *C. S.*

Soirbhich, -idh, sh, *v. n.* (Soirbhe), Prosper, succeed: vale, prospera. " *Soirbhichidh* leis gach ni a ni e." *Salm.* i. 3. Whatsoever he doeth shall prosper. Prosperabit illi quicquid quod ille faciet.

Soire, } Soireadh, } -idh, -ean, et -eachan, *s. f.* A vessel of any kind, a bag, a bottle: vas, sensu generali, saccus, uter. " Lìonar gach *soireadh* le fìon." *Ierem.* xiii. 12. Every bottle shall be filled with wine. Implebitur omnis uter vino.

Soireag, -eig, -an, *s. f. dim.* of Soire. A little vessel, or bottle: vas exiguum, vel uter exiguus. *C. S.*

Soireann, -inn, *s. f.* (Soirbh, et Sian), Calm, or serene weather: cœlum tranquillum. *Macf. V.* 2. Serenity, mildness, pleasantness: serenitas, animi amœnitas, jucunditas. *O'R.*

Soireanta, -einte, *adj.* (Soireann). 1. Calm, serene: tranquillus, serenus. *Macf. V.* 2. Mild, gentle, pleasant: mitis, mansuetus, amœnus. *C. S.*

Soireit, -e, *s. f.* (Soirbh, et Réit), Easiness of temper, an accommodating, conciliatory disposition: equanimitas, animi placabilitas, vel amœnitas. *C.S.*

Soireiteach, -eiche, *adj.* (Soireit), Conciliatory, accommodating: ad conciliationem pertinens. *C.S.*

Soirthe, -ean, *s. f. O'R.* et *MSS.* Vide Soire.

Soisgeul, -eil, *s. m.* (So, et Sgeul), The Gospel: Evangelium. " Deanaibh-sa aithreachas, agus creidibh an *soisgeul.*" *Marc.* i. 15. Repent ye, and believe the gospel. Resipiscite vos, et credite Evangelio.

Soisgeulach, -aiche, *adj.* (Soisgeul), Evangelical: evangelicus. *C. S.*

Soisgeulach, } Soisgeulaiche, } -aich, et -e, -ean, *s. m.* (Soisgeul), An evangelist: evangelista. " Dean obair *soisgeulaiche*, coimhlion do mhinistreileachd." 2 *Tim.* iv. 5. Do the work of an evangelist, fulfil thy ministry. Perage opus evangelistæ, comple tuum ministerium.

* Soistean, -ein, *s. m.* 1. A good habitation, a residence: domicilium bonum, habitatio. *O'R.* 2. Sense, meaning: intelligentia. *A. M'D.* 108.

So-ithe, *adj.* (So, *pref.* et Ith), Eatable: esculentus. *O'R.* et *C. S.*

Soitheach, -ich, -ichean, *s. m.* 1. A vessel of any kind in which meat, liquors, or any thing is put: vas quodvis, cibum, liquorem, vel quicquid retinendo utile. " Amhuil a bheir clann Israeil tabhartas ann an *soitheach* glan gu tigh an Tighearn." *Isai.* lxvi. 20. As the children of Israel bring an offering in a clean vessel to the house of the Lord. Quemadmodum ferent filii Israelis munus vase mundo in domum Domini Dei. " Soitheach-bristeach." *C. S.* A brittle vessel: vas fragile. " Soitheach crèadha." *C. S.* An earthen vessel: vas fictile. " Soitheach-fuarachaidh." *C. S.* A cooler: refrigerator. " Soitheach-fuail." *C. S.* A chamber-pot: matula. " Soitheach-uisge." An ewer, or bucket: gutturnium, vel situla. " Soitheach ionnlaid." *Eoin.* xiii. 5. A basin: pelvis. " Soitheach-teine." *Voc.* 88. 1. A pot, or pan: lebes, vel patina. 2. A ship, of any size: navis, sensu generali. *C. S.*

Soitheamh, -eimhe, *adj.* (So, *pref.* et Sèimh). 1. Gentle, mild, affable, modest: mitis, mansuetus, affabilis, modestus.

" Bu *shoitheamh*, binn, a glòir,
" 'S bu deirge na ròs a beul." *S. D.* 295.

Gentle and musical was her speech, and more red than the rose were her lips, (mouth). Fuit mitis, canorus, ejus sermo, et fuissent rubriora rosâ ejus labia. 2. Comely, fair: speciosus. *C. S.* 3. Tractable, docile: tractabilis, docilis. *C. S.*

So-ithte, *adj.* (So, *pref.* et Ith). *C. S.* Vide So-ithe.

Sol, *adv.* (Seal, *s.*) Ere, before that: antè, antequam, priusquam.

" *Sol* dhealbhadh leat an talamh tì,
" No n' cruinne-cé le d' neart."
Ross. Salm. xc. 2.

Before the earth was formed by thee, or the universe with thy strength. Antequam formata fuerat a te terra, vel orbis terrarum per tuas vires.

So-labhairt, -e, *adj.* (So, *pref.* et Labhair), Expressible, easily spoken, pronounced, or enunciated: expressibilis, pronunciatu, vel enunciatu facilis. *C. S.*

So-labhrach, -aiche, *adj.* (So, *pref.* et Labhrach). 1. Speaking with ease, or fluency: facilè, vel disertè loquens. *C. S.* 2. Affable: affabilis. *C. S.*

Solair, -idh, sh, *v. a.* Provide, gather, prepare, procure: provide, confer, appara, adipiscere.

"'S an gobhlan-gaoithe mar an ceudn',
"Do *sholair* nead dhi féin."
Salm. lxxxiv. 3.

The swallow also hath provided a nest for herself. Et hirundo etiam invenit nidum sibi

SOLAR, -AIR, -AN, *s. m.* 1. A providing, preparing, or purveying of useful things: rerum necessariarum provisio, vel apparatus. "Mar dean duine *solar* air son a chuideachd féin." 1 *Tim.* v. 8. If a man provide not for his own (people). At si quis non faciet provisionem suis. 2. A thing, or things provided, or furnished: res necessariæ apparatæ. *C. S.*

SOLAR', *s. m.* et *pres. part. v.* Solair, *contr.* for Solaradh, q. vide.

SOLARACH, -AICHE, *adj.* (Solar), Provident, making provision, industrious: providus, res necessarias apparans, industrius. *C. S.*

SOLARACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Solaraich. *C. S.* Vide Solaradh.

SOLARADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Solair. Providing, act of providing, procuring, or furnishing things necessary: providendi, res necessarias apparandi actus. *C. S.*

SOLARAICH, -IDH, SH, *v. a.* *C. S.* Vide Solair.

SOLARAICHTE, *pret. part. v.* Solaraich. Provided, procured, furnished, purveyed: provisus, apparatus, suppetitus. *C. S.*

SOLAS, -AIS, *s. m.* *S. D.* Vide Solus.

SÒLAS, -AIS, *s. m.* 1. Comfort, consolation, solace: solatium.

"Dh'eug Caol-mhal, 's dh'eug gach *sòlas;*
"Iarram do m' dheòin an t-eug."
S. D. 347.

Calmal has died, and every comfort has died: let me seek death of my own accord. Mortua est Calmala, et mortuum est omne solatium; quæram mea sponte mortem. 2. Intellectual pleasure, or gratification: animi delectatio, vel ad intellectum pertinens. *C. S.* 3. Cheerfulness, contentment: animi rebus suis satisfactio. *C. S.* 4. Joy, rejoicing, delight: gaudium, lætitia.

"Togar suas am fonn an àird,
"Fonn *sòlais,* a bhàrda Mhorbheinn."
Tem. i. 712.

Let the song be raised on high, the song of joy, ye bards of Morven. Tollatur sursùm cantus in altum, cantus lætitiæ, O bardi Morvenis. *Wel.* Solas. *Dav.* *Span.* Solaz. *Lat.* Solatium.

SÒLASACH, -AICHE, *adj.* (Sòlas). 1. Comforting, comfortable, giving comfort, pleasure, or consolation: delectationem, consolationem, vel solatium vel lætitiam afferens.

"O thig le d' shlàinte *shòlasaich,*
"Do m' fhiosrachadh a' m' fheum."
Ross. Salm. cvi. 4.

O come with thy comforting salvation, to visit me in my need. O veni cum tua salute lætifica ad me visendum mea necessitate. 2. Comfortable, enjoying comfort, or ease: rebus secundis fruens. *C. S.* 3. Cheerful, content: æquus animo, contentus. *C. S.* 4. Joyful, causing joy, or happiness: lætitiam, vel hilaritatem afferens. *C. S.* 5. Joyful, rejoicing, glad: hilaris, lætus. *C. S.*

SÒLASACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Sòlasaich. Comforting, act of comforting, consoling, making glad, or happy: consolandi, consolationem, lætitiam, vel hilaritatem afferendi actus. *C. S.*

SÒLASAICH, -IDH, SH, *v. a.* (Sòlas), Comfort, console, make happy, or glad: consola, hilaritatem, vel lætitiam affer. *C. S.*

SÒLASAICHTE, *pret. part. v.* Sòlasaich. Comforted, consoled, made glad, or happy: consolatus, lætificatus. *C. S.*

SO-ĿEAGHTA, SO-ĿEAGHTACH, } *adj.* (So, *pref.* et Leagh), Fusible, easily melted: fusilis. *C. S.*

SO-ĿEIGHEAS, *adj.* (So, *pref.* et Leighis), Medicable, that may be cured: sanabilis. *C. S.*

SO-ĿEÒINTE, SO-ĿEÒNTA, } *adj.* (So *pref.* et Leon,) Vulnerable: vulnerabilis. *C. S.*

SO-ĿEUGHADH, SO-LEUGHTA, } *adj.* (So, *pref.* et Leugh), Legible: legibilis. *C. S.*

SOLLAIN, -E, -EAN, *s. f.* 1. A welcome: receptio grata, optata. *O'R.* 2. Rejoicing: lætitia gaudium. *Macf. V.* "Latha-*sollain.*" *Macf. V.* A day of rejoicing, or feasting: dies lætitiæ, vel festivus.

SO-LUGHADH, SO-LUGHTA, } *adj.* (So, *pref.* et Lugh), Venial, pardonable: venialis. *O'R.* et *C. S.*

SO-LUGHTACHD, *s. f. ind.* (So, *pref.* et Lugh), Pardonableness, slightness: venialis rei natura. *C. S.*

SOLT, -A, *s. m.* *MSS.* et *Provin.* Vide Sult.

SOLTA, *adj.* *MSS.* Vide Sultmhor.

SO-LÙBACHD, *s. f. ind.* (So, et Lùb), Flexibility: flexilitas. *C. S.*

SO-LÙBAIDH, *adj.* (So, *pref.* et Lùb), Flexible: flexibilis. *Bibl. Gloss.* et *C. S.*

SOLUS, -UIS, *s. m.* (So, *pref.* et Leus), Light: lux.

"Chithear *solus* o'n *ré* am measg chraobh."
Tem. iii. 458.

Light from the moon is seen among trees. Cernitur lux a luna inter arbores. 2. A light, as a lamp, or candle: lux quævis excitata, ut lucerna, vel candela. "Agus air gairm *soluis* dasan, leum e steach." *Gnìomh.* xvi. 29. And he, having called for a light, sprang in. Et petito lumine ab illo, irripuit. 3. Knowledge, information: scientia. "An *solus* ùr." *C. S.* The new moon: luna nascens, vel novilunium. "*Solus* làn." *C. S.* The full moon: luna plena, vel plenilunium. "Briseadh an t-*soluis.*" *C. S.* The change of the moon: interlunium, vel lunæ coitus. *Gr.* Σείλας, fulgor, lumen.

SOLUSACH, -AICHE, *adj.* (Solus), Full of light, luminous, shining: luce plenus, luminosus, splendens. *Macf. V.*

SOLUSACHD, *s. f. ind.* (Solusach), Luminousness: splendor. *C. S.*

SOLUSDA, SOLUSDACH, SOLUSMHOR, } -AICHE, et -OIRE, *adj.* (Solus). *MSS.* *O'R.* et *C. S.* Vide Solusach.

SOMALTA, -AILTE, *adj.* 1. Bulky, large: ingens, amplus.

"'S bu *shomalta* maoin dhuit." *Gill.* 193.

And bulky would be thy wealth. Et esset ingen-

tes divitiæ tibi. 2. Gentle, mild, placid: mitis, mansuetus, placidus.

"Bheirinn mo phòg do 'n òg-mhnaoi *shomalt*,"
Macint. 95.

I would give my kiss to the gentle bride. Darem meum osculum novæ nuptæ mansuetæ. 3. Liberal, generous: munificus, magnificus. *Macf. V.* et *O.R.*

Sòmhail, -e, *adj.* *C. S.* Vide Sùmhail.

Sòmhlachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sòmhlaich. *C. S.* Vide Sùmhlachadh.

Sòmhlaich, -idh, sh, *v.a.* et *n.* *C. S.* Vide Sùmhlaich.

Sòmhlaichte, *pret. part. v.* Sòmhlaich. *C. S.* Vide Sùmhlaichte.

Somhlan, -aine, *adj.* (So, *pref.* et Làn), Safe and sound: salvus et sanus. *Macf. V.*

So-mhuinte, *adj.* (So, *pref.* et Muinte). 1. Tractable, docile: tractabilis. *O'R.* et *C. S.* 2. Careless, indifferent: inconsideratus, socors, in neutram partem motus. *R. M'D.* 83. 3. Lazy: piger. *C. S.*

Somaltachd, *s. f. ind.* (Somalta). 1. Bulk, bulkiness, largeness: magnitudo, amplitudo. *C. S.* 2. Gentleness, mildness, placidity: comitas, mansuetudo, placiditas. *C. S.* 3. Liberality, generosity: munificentia. *C. S.* 4. Carelessness, laziness, indifference: socordia. *A. M'D.* 68.

Son, *s. m.* 1. Sake, cause, account: causa. *O'R.* et *Macf. V.* 2. Good, profit, advantage: commodum, lucrum, emolumentum. *O'R.*

Son, *prep. impr.* et *adv.* *i. e.* "Air son." (Son. *s.*) 1. For, because of, on account of: propter. "Na biodh eagal no faitcheas oirbh *air son* an t-sluaigh mhòir so." 2. *Eachdr.* xx. 15. Be not afraid, nor dismayed by reason of this great multitude. Ne sit timor vel consternatio vobis propter multitudinem magnam hanc. 2. For the purpose of: in causam quandam, causâ. "Agus thug e leis an tarbh *air son* na h-ìobairt pheacaidh." *Lebh.* viii. 14. And he brought the bullock for the sin-offering. Et attulit tecum taurum (istum) in sacrificium piaculare. As a preposition, used substantively with possessive pronouns: substantivè cum pronominibus possessivis adhibetur. "Tha an talamh mallaichte *air* do *shon*." *Gen.* iii. 17. The earth is cursed for thy sake. Est terra maledicta propter te. 3. *adv.* Because, because that: quia, propterea quod.

"*Air son* gu bheil tu leam do ghnàth."
Ross. Salm. xxiii. 4.

Because that thou art with me always. Propterea quod es mecum semper.

• Sòn, *s. m.* 1. A sound, a voice, a word: sonus, vox, verbum. *Llh.* et *O'R.* *Wel.* Son. *Dav.* *Hebr.* שנה *schana.*

Sona, *adj.* (Son, *s.*) 1. Lucky, fortunate: faustus, fortunatus, prosper. "Is feàrr a bhi *sona* na bhi glic." *Prov.* It is better to be lucky than to be wise. Est melius esse prosper quam esse sapiens. 2. Happy, in a state of happiness: felix, beatus. "*Sona* bithidh tu, agus éiridh gu maith dhuit." *Salm.* cxxviii. 2. Happy shalt thou be, and it shall be well with thee. Beatus eris, evenitque bene tibi.

Sònas, -ais, -an, *s. m.* 1. Vexation, grief: molestia, tristitia. *Gill.* 174. 2. A passion, a fit of passion, a pet: iracundia, offensio, offensa. "Chuir mi *sònas* air." *C. S.* I drove him into a passion. Excitavi offensionem, vel iracundiam illi.

Sonas, -ais, -an, *s. m.* 1. Good fortune, prosperity, luck: fortuna secunda, prosperitas. *C. S.* 2. Happiness, felicity: felicitas, beatitudo.

"'Ta gabhail tlachd do *shonas* buan,
"A sheirbhisich do ghnàth."
Ross. Salm. xxxv. 27.

Who take delight in the prosperity of his servant. Qui gaudent e prosperitate illius servi semper.

"Tìr làn *sonais*, saor o dhonas."
R. M'D. 119.

A land full of happiness, free from mischief. Terra plena felicitatis, expers mali. *Scot.* Sons. *Jam.*

Sònasach, -aiche, *adj.* (Sònas). 1. Vexatious, grievous: molestiam, vel tristitiam afferens. *C. S.* 2. Easily vexed, or grieved: ad molestiam, vel tristitiam proclivis. *C. S.* 3. Passionate, pettish: in iracundiam, vel offensam proclivis. *C. S.*

Sonn, -uinn, *s. m.* 1. A stout man: vir fortis. *C. S.* 2. A hero: heros.

"Thachair Ogar air garbh Dhaol',
"Taobh ri taobh air réidh nan *sonn*"
Fing. iv. 62.

Ogar met with (encountered) the fierce Dola, side to side on the plain of heroes. Occurrit Ogar aspero Dolæ latere ad latus in planitie heroum.

Sonn, -uinn, *s. m.* 1. A bait to catch fish with: inescatio. *Macf. V.* 2. A club, a staff, a stake, a beam: clava, baculus, trabs. *O'R.* 3. A tree: arbor. *MSS.*

Sonn, -aidh, sh, *v. a.* 1. Pierce, thrust, hew down: transfige, percute, pectori ferrum insere, cæde. *MSS.* et *O'R.* 2. Press, oppress: preme, opprime. *O'R.*

Sonnach, -aich, *s. m.* 1. A palisade: sudes. *C.S.* 2. A peg, a thick peg: paxillus, crassus paxillus. *C. S.* 3. A stout and ill-shaped person: robustus inconditusque quis. *C. S.* 4. A castle, a fortress: arx, castellum. *O'R.* 5. A wall: paries, murus. *O'R.*

Sonnadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sonn. 1. Piercing, thrusting, act of piercing, thrusting, or hewing down: transfigendi, transfodiendi, vel cædendi actus. *C. S.* et *R. M'D.* 2. Act of pressing upon, or oppressing: premendi, opprimendi actus. *C. S.*

Sonn-mharcach, -aich, -ean, *s. m.* (Sonn, *s.* et Marcach). 1. A courier on horseback, a post, a messenger: nuncius equitans. *Macf. V.* 2. An aid-de-camp: ducis in exercitu adjutor. *Macf. V.*

Sonnta, *adj.* (Sonn), Heroic, courageous: fortis, heroicus, audax. *Macf. V.*

Sonntachd, *s. f. ind.* (Sonntach), Boldness, heroism, courage: audacitas, fortitudo. *C. S.*

Sònrach, -aiche, *adj.* *MSS.* Vide Sònruichte.

Sònrachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sònraich.

1. Appointing, act of appointing, chusing, or ordaining: constituendi, statuendi, eligendi, ordinandi actus. *C. S.* 2. Act of specifying, or particularizing: speciatìm notandi, vel denotandi actus. *C. S.* 3. Intending, act of intending: statuendi actus. *C. S.*

Sònraich, -idh, sh, *v. a.* et *n.* 1. Appoint, ordain, fore-ordain: constitue, designa, præfini, prædestina. "Neach a *shònraich* Dia 'n a ìobairt-réitich." *Rom.* iii. 25. One whom God hath set forth a propitiation. Quidam (ille) quem præstituisset Deus placamentum. 2. Choose, specify, particularize: speciatìm, vel singulatim elige, nota, vel denota. *C. S.* 3. Intend: statue tibi. *C. S.*

Sònraichte, *adj.* et *pret. part. v.* Sònraich. 1. Specific, special, notable, particular: specialis, particularis, specificus, notabilis. "Agus bha adharc *shònraichte* aig a bhoc eadar a shùilean." *Dan.* viii. 5. And the goat had a notable horn between his eyes. Et erat hirco cornu conspicuum inter ipsius oculos. 2. Appointed, ordained, fore-ordained: constitutus, designatus, præstitutus. *C. S.* "Gu sònraichte," *adv.* Especially: præsertim.

Sònruich, -idh, sh, *v. a.* et *n.* *C. S.* Vide Sònraich.

Sònruichte, *adj.* et *pret. part. v.* Sònraich. *C. S.* Vide Sònraichte.

So-oibrichte, *adj.* (So, *pref.* et Oibrich), Easily wrought, figureable: cujusdam formæ capax. *C. S.*

So-òilte, *adj.* (So, et Òl), Drinkable: potabilis. *C. S.*

Sop, -uip, -an, *s. m.* 1. A wisp, a loose bundle of straw, or hay: straminis, vel fœni manipulus. *Macf. V.* 2. A loose, disordered, or useless bunch of any thing: fasciculus dissolutus, vel perplexus rei cujusvis inutilisque. *C. S.* 3. A useless, or cowardly fellow: inutilis, vel imbellis quis. *C. S.* "Sop-reic." *Macf. V.* A tavern-sign, an ale-house sign, being in the Highlands till lately, a wisp of straw, or rudely twisted straw rope, attached to a pole, and placed on some conspicuous part of the house-top: tabernæ vel cerevisiarii signum, quia apud Monticolas e straminis manipulo, vel funiculis stramineis rudè contortis, et aliquò affixis domûs tecto adhiberi solebat. *Swed.* Sopa. *Angl.* Sweep. *Gael.* "Sguab."

Sopach, -aiche, *adj.* (Sop). 1. Abounding in wisps of hay, or straw: fœni vel straminis fasciculis frequens. *C. S.* 2. Abounding in scattered straw, or hay: fœno vel stramine hìc illic disperso frequens. *C. S.* 3. Cowardly, silly: imbecillis, imbellis, insulsus. *C. S.*

Sopan, -ain, -an, *s. m. dim.* of Sop. A little wisp: fœni vel straminis fasciculus exiguus. *C. S.* *Wel.* Sopen.

Sopanach, -aiche, *adj.* (Sopan), Full of straws, or little bundles of straw: straminis fasciculis exiguis frequens. *C. S.*

Soplach, -aich, -aichean, *s. m.* (Sop), Refuse of straw, or provender: pabuli sordes. *Macf. V.* *Hebr.* ספח *sapach.*

Soplach, -aiche, *adj.* (Sop). *Macf. V.* Vide Sopach.

Sop-cheannach, -aiche, *adj.* (Sop, et Ceann), Having a bushy, or uncombed head of hair: cæsariem comatam, vel incomptam gerens. *C. S.*

Sop-seilbhe, -an-seilbhe, *s. m.* (Sop, et Seilbh), Infeftment in house and land by the formal delivery of a wisp of straw to the entrant: modus quidam quo lege vel consuetudine pristinâ aditus præbetur alicui ad agrum conductitium et domum, adhibendo straminis fasciculum novo intranti. *MSS.* et *Provin.*

Sòr, -aidh, sh, *v. a.* 1. Hesitate, pause, delay: cuncta, hæsita. *C. S.* 2. Grudge, give unwillingly: invide, ægrè da. "An fear nach *sòradh* a chuid do 'n fheumnach." *C. S.* The man who would not grudge his portion to the needy. Ille qui non invideret ejus portionem egeno. 3. Shun, avoid: evita, fuge. *C. S.* 4. Spare, parce. *C. S.*

Sòradh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sòr. 1. Hesitating, act of hesitating, delaying, or pausing: cunctandi, hæsitandi actus. *C. S.* 2. Grudging, act of grudging, or giving unwillingly: invidendi, ægrè dandi actus. *C. S.* 3. Shunning, act of shunning, or avoiding: evitandi, fugiendi actus. *C. S.* 4. Sparing, act of sparing: parcendi actus. *C. S.* 5. Hesitation, delay: cunctatio, hæsitatio.

"Ach chunnaic Fionn a spionnadh d' a dhì,
"'S leig e dha imeachd gun *sòradh*,
"An déigh a chathan thar Mor'uth."
S. D. 265.

But Fingal saw his strength failing, and he permitted him to depart without hesitation after his warriors across Moruth. At conspexit Fingal ejus vires deficientes, et permisit illi discedere sine cunctatione post ejus bellatores trans Moruth.

Soraidh, *s. f.* A farewell, a blessing, compliments: valedictio, benedictio alio ad alium missa.

"Thoir *soraidh* uam le deagh rùn buaidh,
"Dh' fhios ghaisgeach stuamach gharbh-chrìoch."
Gill. 113.

Bear my farewell with sincere desire of (their) success to the modest warriors of the Highlands, (*lit.* of the rough bounds). Defer valedictionem a me cum integro animo prosperitatis ad bellatores mites regionum montanarum (*lit.* finium asperorum). "Soraidh leat." *C. S.* Fare thee well: vale.

Sorchan, -ain, -an, *s. m.* 1. A rest, or support, that on which any thing leans, or rests: fulcrum, erisma.

"Chuir thu 'n spàinteach air an t-*sorchan*,
"Chaog thu 'n t-sùil, 's b' i sùil an t-sealgair."
R. M'D. 345.

Thou laidest the gun (*lit.* the Spaniard) on the rest, thou didst wink the eye, and it was the hunter's eye. Imposuisti sclopettum (*lit.* Hispanicum) erismæ, nictavisti oculum, et fuit oculus venatoris. 2. A stool, or foot-stool: sella, scabellum. *C. S.* 3. A little eminence, or hillock: colliculus. *C. S.* "Sorchan-leigidh." *Macf. V.* A trestle, or gawn-tree. Mensæ vel sellæ fulcrum mobile, vel fulcrum cui imponuntur dolii ad liquida extrahenda.

Sorchanach, -aiche, *adj.* (Sorchan). 1. Having rests, or supports: fulcris, vel erismis instructus. *C. S.* 2. Like a stool, or trestle: sellæ vel mensæ

fulcro mobili similis. *C. S.* 3. Having little eminences, or hillocks: colliculis frequens. *C. S.*

So-ṙeamhraichte, *adj.* (So, *pref.* et Reamhraichte), Coagulable, easily thickened, or fattened: facile coagulatu, vel saginatu. *C. S.*

So-ṙéiteach, } *adj.* (So, *pref.* et Réite). 1. Easi-
So-ṙéitichte, } ly arranged, or adjusted: facilè dispositus, vel compositus. *C. S.* 2. Easily reconciled, reconcileable: facilè conciliatus. *C. S.*

So-ṙéite, *s. f.* (So, *pref.* et Réite), Propitiation, expiation: expiatio. *C. S.*

So-riaghailtichte, } *adj.* (So, et Riaghluich).
So-ṙiaghlaidh, } Governable, manageable:
So-ṙiaghluichte, } tractabilis. *C. S.*

Sòrn, -ùirn, *s. m.* 1. A snout: rostrum. *Macf. V.* 2. The flue or fire-vent of a kiln, or oven, a concavity: cavitas fornacis, concavum. *Macf. V.*

Sòrn-aoil, *Llh.* et *C. S.* A lime-kiln: calcaria fornax.

Sòrnach, -aiche, *adj.* (Sorn, 1.) 1. Long chinned: mentum projiciens gerens. *C. S.* 2. Having a snout: rostratus. *O'R.* 3. Pettish, peevish, ill-natured: iracundus, protervus. *C. S.*

Sòrnag, -aig, -an, *s. f. dim.* of Sòrn. A little kiln: fornacula. *C. S.*

Sòrnan, -ain, -an, *s. m.* The fish thorn-back, a small skate: raia exigua. *Macf. V.*

Sòrnan, -ain, -an, *s. m. dim.* of Sòrn. A little chin, or snout: mentum, vel rostrum exiguum. *C. S.*

So-ṙoghnuichte, } *adj.* (So, *pref.* et Roghunn), E-
So-ṙoghnuidh, } ligible preferable, excellent: eligibilis. *C. S.*

So-roinnte, *adj.* (So, *pref.* et Roinnte), Divisible: divisibilis. *C. S.*

Sos, -ois, *s. m.* Any unseemly mixture of food, a mixture of meal and water given to dogs: commixtio cibaria canum. *C. S.* *Wel.* Sos, pulpamentum sordidulum. *Dav.* *Scot.* Soss. *Jam.*

So-shamhluichte, *adj.* (So, *pref.* et Samhlaich), Applicable: applicabilis. *C. S.*

So-shàruichte, *adj.* (So, *pref.* et Sàruich), Conquerable, easily fatigued: superabilis, facilè defessus. *C. S.*

So-sheachanta, *adj.* (So, *pref.* et Seachainn), Avoidable: evitabilis. *C. S.*

So-sheòlta, *adj.* (So, *pref.* et Seòl), Navigable: navigabilis. *O'R.* et *C. S.*

So-sgaoilte, *adj.* (So, *pref.* et Sgaoil), Dissoluble: dissolubilis. *C. S.*

So-sgoilte, *adj.* (So, *pref.* et Sgoilt), Fissible: fissibilis. *C. S.*

So-stiùiridh, -e, *adj.* (So, *pref.* et Stiùir), Governable: gubernandus. *C. S.*

Sotal, -ail, *s. m.* Pride, flattery, vain-glory: superbia, obsequium, adulatio, gloriatio. *O'R.* et *C. S.*

Sotalach, -aiche, (Sotal). 1. Proud, arrogant: superbus, arrogans. *C. S.* 2. Fawning, flattering: blandus, obsequens. *C. S.*

So-thaosga, *adj.* (So, et Taosg), Exhaustible, that may be drained: facilè exhaustus. *C. S.*

So-tharruingte, *adj.* (So, et Tarruing), Easily drawn: facilè tractus. *Llh.*

So-theagaisgte, *adj.* (So, et Teagasg), Docile, teachable: tractabilis. *C. S.*

So-thollaidh, } *adj.* (So, *pref.* et Toll, *v.*) Bore-
So-thollta, } able: forabilis. *O'R.* et *C. S.*

So-threobhach, -aiche, *adj.* (So, *pref.* et Treobh), Arable: arabilis. *C. S.*

So-threòruichte, *adj.* (So, *pref.* et Treòruich), Easily led, or directed: facilè suasus, vel ductus. *C. S.*

So-thruaillidh, -e, *adj.* (So, *pref.* et Truaillidh), Corruptible, easily corrupted: facilè corruptus. *C. S.*

So-thuigse, *s. f. ind.* (So, *pref.* et Tuigse,) Comprehension, quickness of understanding: comprehensio, animi perspicacitas. *C. S.*

So-thuigse, } *adj.* (So, *pref.* et Tuigse), Intelligi-
So-thuigsinn, } ble, easily understood: intelligibilis. *C. S.*

So-uisgeach, } *adj.* (So, *pref.* et Uisgich), Water-
So-uisgichte, } ish, that may be moistened: a-
So-uisgidh, } quatilis, irrigabilis. *C. S.*

Spad, -aidh, sp, *v. a.* 1. Kill, knock down at a blow, fell: occide, uno ictu cæde, sterne, prosterne. *Macf. V.* et *C. S.* 2. Flatten, make flat: prosterne, vel planum fac. *Macf. V.*

• Spad, -a, -an, *s. m.* A clod, a lump, a sod: gleba, massa, cespes. *Llh.*

• Spad, -a, *adj.* Flat, dead, lumpish: stratus, mortuus, iners. *MSS.*

• Spadach, -aiche, *adj.* (Spad). 1. Full of clods: glebis frequens. *Llh.* 2. Sluggish, stupid: iners, stupidus, hebes. *MSS.*

Spadadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Spad. Killing, knocking down, or felling: occidendi, cædendi, sternendi actus. *R. M'D.* 190. 2. Flattening, act of flattening, or making flat: planum faciendi, vel prosternendi actus. *C. S.*

Spadag, -aig, -an, *s. f.* (Spad). 1. A fillip, a quick blow: talitrum, ictus subitus. *Macf. V.* 2. A limb cut off, a hand, or foot: membrum, artus dissectus, manus, vel pes. *K. Mackenz.* 188.

Spadail, -e, *adj.* *N. H.* Vide Spaideil.

Spadair, -e, -ean, *s. m.* A vain-glorious person, a fop: gloriosus quis. *C. S.*

Spadaireachd, *s. f. ind.* (Spadair). 1. Foppery, conceit of one's own appearance, or dress: elegantiæ in vestibus, vel suæ speciei jactatio. *C. S.* 2. Boasting, a habit of boasting: jactationis consuetudo. *C. S.* 3. A killing, or slaughtering: mactatio. *K. Mackenz.* 96. *Gr.* Σφαδαζω, pedes agito.

Spadal, -ail, -an, *s. m.* 1. A paddle: remus curtus. *O'R.* 2. A plough staff: rulla. *Llh.* et *O'B.*

Spadanta, -ainte, *adj.* 1. Mean, niggardly: sordidus, avarus. *MSS.* et *C. S.* 2. Sluggish, lazy: piger, iners. *O'R.* et *MSS.* 3. Benumbed: stupefactus. *C. S.*

Spadantachd, *s. f.* 1. Meanness, niggardliness: avaritia sordida. *C. S.* 2. Sluggishness, laziness: pigritia, inertia. *C. S.*

Spad-chosach, -aiche, *adj.* (Spad, et Cos), Clumsy, or splay-footed: malè pedatus. *Macf. V.*

Spad-chluas, -uais, -an, *s. f.* (Spad, et Cluas), A dull ear: auris surda. *C. S.*

SPAID, -E, -EAN, *s. f.* A spade: ligo. *C. S. Germ.* Spade. *Swed.* Spada.

SPAIDEALACHD, *s. f. ind.* (Spaideil), Conceitedness,

SPAD-CHLUASACH, -AICHE, *adj.* (Spad-chluas), Flat eared, dull of hearing: surdaster. *Macf. V.*

SPAD-FHOCAL, -AIL, -AN, *s. m.* (Spad, et Focal), A vaunting expression, or boast: jactationis vox. *C. S.*

SPAD-FHOCLACH, -AICHE, *adj.* (Spad-fhocal), Vaunting, boasting: jactans. *Macf. V.*

SPADHADH, -AIDH, -AN, et -ANNAN, *s. m.* 1. A strong and quick pull, as in rowing, or mowing of hay: nisus validus, ut inter remigandum, vel fœnum demetendum. *R. M'D.* 2. The utmost extent of the arms when stretched out: brachiorum expansio extrema. *C. S.* 3. A layer of mown grass, or what is cut by one stroke of the scythe: quantum graminis uno ictu falcis demetur. *C. S.*

SPAD-PHLUICEACH, -EICHE, *adj.* (Spad et Pluic), Blub-cheeked: bucco. *Macf. V.*

SPAD-SHRÒNACH, -AICHE, *adj.* (Spad, et Sròn), Flat-nosed: simus. *Macf. V.*

SPADTA, *pret. part. v.* Spad. 1. Killed, knocked down at a blow, felled: cæsus, uno ictu prostratus. *C. S.* 2. Flattened, made flat: planus factus, prostratus. *C. S.*

SPAD-THINNEAS, -EIS, *s. m.* (Spad, et Tinneas). 1. Lethargy: lethargia. *Llh.* et *Macf. V.* 2. Epilepsey, or the falling sickness: morbus sonticus, vel epilepsialis. *C. S.* 3. Apoplexy: apoplexia morbus. *C. S.*

SPÀG, -AIG, -AN, *s. f.* 1. A claw, or paw: ungula. *Macf. V.* et *C. S.* 2. A club-foot: loripes. *C. S.* 3. A limb of an animal: animalis cujusvis membrum vel artus. *C. S.* "*Spàg*-cùirn," *C. S.* The beam of a sledge, or waggon: vehiculi trabs.

SPÀG, -AIDH, SP, *v. a.* (Spàg, *s.*) Make awry, turn to one side, or distort the shape of any thing: torque, distorque. *C. S.*

SPAGACH, -AICHE, *adj.* (Spagadh), Uttering words indistinctly: balbus, bulbutiens. *MSS.*

SPÀGACH, -AICHE, *adj.* (Spàg). 1. Clawed, having claws, or paws: ungulatus. *C. S.* 2. Club-footed: loripes. *C. S.* 3. Walking awkwardly: inconditè vel inhabiliter incedens. *C. S.* 4. Distorted, turned awry: distortus. *C. S.*

SPAGADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* An obliquity of the mouth: oris obliquitas. *C. S.*

SPÀGAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Spàg, et Fear). 1. An awkward, or club-footed fellow: loripes. *Macf. V.* 2. One who walks awkwardly: qui inconditè, vel inhabiliter incedit. *C. S.*

SPÀGADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Spàg. Distorting, act of distorting, or of turning any thing awry: aliquid distorquendi actus. *C. S.*

SPÀGAIRE-TUINNE, *s. m.* The bird called the little grebe: colymbus auritus. *Linn. Sh.* et *O'R.*

SPAGLUINN, -E, *s. f.* Ostentation, conceit, bombast: ostentatio, affectatio, ampullæ. *Macf. V.* et *C. S.*

SPAGLUINNEACH, -EICHE, *adj.* (Spagluinn), Ostentatious, conceited, bombastic: jactans, affectatus, in ampullas proclivis. *Macf. V.* et *C. S.*

SPAGLUINNEACHD, *s. f. ind.* (Spagluinneach), *C. S.* Vide Spagluinn.

SPÀG-RI-TÒIN, *s. f. C. S.* Vide Spàgaire-tuinne. pride of dress, foppishness: affectatio, vestium splendidarum superbia. *C. S.*

SPAIDEIL, -E, *adj.* Well dressed, conceited, beauish, foppish: benè vestitus, superbus. *C. S.*

SPAIDHEIR -E, -EAN, *s. m.* 1. The pocket hole of a petticoat: sacculus indusii muliebris. *Macf. V.* 2. The fore flap of a pair of breeches: pars pendula anteriorque braccæ. *C. S. Scot.* Speaver.

SPAIDSIREACHD, *s. f. ind.* et *pres. part. v.* Spaidsirich. Vide Spaisdearachd.

SPAIDSIRICH, -IDH, SP, *v. n. Macf. V.* Vide Spaisdirich.

SPAIG, -E, -EAN, *s. f.* A wry mouth, a long chin: os distortus, vel longum mentum. *C. S.*

SPAILLEACHDALACHD, *s. f. ind.* (Spailleachdeil). *Macf. V.* Vide Spailleichd.

SPAILLEICHD, -E, *s. f. ind.* Vain-glory, boasting, ostentation: gloria vana, jactatio, ostentatio. *C. S.*

SPAILLEADH, -IDH, *s. m. Macf. V.* Vide Spaoilleadh.

SPAILLEICHDEIL, -E, *adj.* (Spailleichd), Vain-glorious: jactans, ostentans, gloriosus. *C. S.*

SPAILLEICHDEAR, -IR, -AN, *s. m.* (Spailleichd, et Fear), A boaster, a vain, or conceited fellow: jactator, affectatus quis. *C. S.*

SPAILP, -E, *s. m.* 1. Pride, spirit, courage, boldness: animus, animi magnanimitas, vires, vel audacia.

> "*Spailp* nach dìbreadh
> "An cath no 'n sìth." *Stew.* 229.

Spirit that would not fail in battle, or in strife. Animus qui non deficeret in certamine, vel lite. 2. Pride, conceit, self-conceit: nimia affectatio. *C. S.* et *Macf. V.* 3. A beau, a foppish young man: juvenis elegans. *C. S.* et *Macf. V.*

SPAILP, -IDH, SP, *v. n.* (Spailp, *s.*). 1. Strut, walk with affected dignity: superbè incede. *C. S.* 2. Strike authoritatively with the foot, in commanding: pede pulsa superbè inter jubendum. *C. S.*

SPAILPE, } -E, *s. f.* (Spailp), Self-conceit: nimia
SPAILPEIS, } sui fiducia. *C. S.*

SPAILPEACH, -EICHE, *adj.* (Spailp). *C. S.* Vide Spailpeil.

SPAILPEADH, -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Spailp. 1. Strutting, act of strutting, or walking proudly: superbè incedendi actus. *C. S.* 2. Act of striking authoritatively with the foot: pede pulsandi cum auctoritate actus. *C. S.*

SPAILPEAN, -EIN, -AN, *s. m.* (Spailp). 1. A fop, or beau: ineptus, vestibus nimium studiosus, vel affectatus quis. *C. S.* 2. A rascal, a mean fellow, an insignificant fellow: furcifer, nihili homo. *C. S. Scot.* Spalpeen.

SPAILPEANACH, -AICHE, *adj.* (Spailpean). 1. Beauish, foppish: vestibus nimiùm affectatus, vel concinnus, ineptus. *C. S.* 2. Insignificant, from vanity, or conceit: præ nimia affectatione absurdus vilisque. *C. S.*

SPAILPEANACHD, *s. f. ind.* (Spailpeanach). 1. Foppishness, beauishness: nimia concinnitas, affecta-

tio. *C. S.* 2. Silly vanity: gloria inanis insulsaque. *C. S.*

Spailpeara, } *adj.* (Spailp). *C. S.* Id. q. Spailpeil.
Spailpearra, }

Spailpearachd, *s. f. ind.* (Spailpeara). 1. Conceitedness, foppishness: nimia affectatio, insulsitas, superbia insulsa. *C. S.* 2. A habit of silly boasting, or vain-glorious talk: jactationis insulsæ consuetudo. *C. S.*

Spailpeil, -e, *adj.* (Spailp). 1. Conceited, foppish, beauish: affectatus, cum insulsitate superbus, vestibus nimiùm concinnus. *C. S.* 2. Boasting, vain glorious, silly: jactans, superbiâ insulsâ tumens, insulsus. *C. S.* 3. Walking with a proud, or affected gait, strutting: superbè incedens. *C. S.*

Spàin, -e, -ean, *s. f.* A spoon: cochleare. *Àir.* iv. 7. *marg.*

Spàineach, -eiche, *adj.* (Spàin). 1. Having many spoons, furnished with spoons: cochleas multas habens, vel cochlearibus instructus. *Gill.* 290. 2. Like a spoon: cochleari similis. *C. S.*

Spàineag, -eig, -an, *s. f. dim.* of Spàin. 1. A little spoon: parvum cochleare. *C. S.* 2. A spoonful: cochlear quantum implet. *C. S.*

Spàinteach, *adj.* (Spàin), Spanish: Hispanicus. *C. S.*

Spàinteach, -ich, *s. m.* et *f.* 1. A Spaniard: Hispanicus quis. *C. S.* 2. A fowling piece, or rifle: scloppetum.

"Ge d' chaidh bacadh air na h-armaibh,
"Ghlèidh mi 'n *Spàinteach* chum na seilge."
Macinty. 33.

Though arms were prohibited, I kept the gun (*lit.* the Spaniard) for the hunt. Quamvis inhibitio interposita fuit (*lit.* ierat in) armis, retinui scloppetum (Hispanicum) ad venationem. 3. i. e. "Lann *Spàinteach.*" A sword, a toledo: gladius, i. e. Hispanicus. *C. S.*

Spàirn, -e, *s. f.* 1. An effort, a hard struggle, or violent exertion: nisus, nixus, nixus strenuus.

"Thog e le *spàirn* a ghuth-beòil."
Fing. ii. 27.

He raised with much exertion his voice. Elevavit ille cum labore suam vocem-oris. 2. A striving, a contest, or conflict: luctatio, vel certamen. "Deanaibh *spàirn* chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann." *Luc.* xiii. 34. Strive to enter in at the strait gate. Contendite (*lit.* facite certamen) intrare per portam angustam. 3. Pain, agony: dolor, cruciatus. *C. S.* 4. Difficulty: difficultas. *C. S.*

Spàirneachd, *s. f. ind.* (Spàirn). *C. S.* Vide Spàirnealachd.

Spàirnealachd, *s. f. ind.* (Spàirneil). 1. A struggling, or wrestling, a continued and hard struggle: conatus, vel nixus strenuus continuusque. *C. S.* 2. A difficulty, difficulty, or uneasiness: difficultas, qualitas rei ardua, vel difficilis. *C. S.*

Spàirneil, -e, *adj.* (Spàirn). 1. Striving, struggling: nitens, strenuè nitens, vel contendens. *C. S.* 2. Arduous, hard, difficult: arduus, difficilis. *C. S.*

Spairiseach, } -eiche, *adj.* Beauish, foppish, gaudy: vestibus nimiùm concinnus, vestium splendidarum studiosus. *C. S.*
Spairisteach, }

Spairiseachd, } *s. f. ind.* (Spairiseach). Foppishness, gaudiness: nimia vestium concinnitas, vestium splendidarum studium, vel adhibitio. *C. S.*
Spairisteachd, }

Spairt, *s. f.* 1. A turf, a clod: cespes, glebula. "Tha m' fheòil air a còmhdachadh le cnuimhibh agus *spairtibh* ùire." *Iob.* vii. 5. My flesh is clothed with worms and clods of dust. Mea caro induitur vermibus et glebulis pulveris. 2. A splash of water: aquæ aspersio. *C. S.* 3. A drop, the least drop of any liquid: liquoris ullius guttula, vel gutta minima. *C. S.*

Spairt, -idh, sp, *v. a.* (Spairt, *s.*). 1. Plaster, or daub over, as with lime, or clay: obline sicut luto. *Ecs.* ii. 3. *marg.* 2. Splash with water: aquâ, vel liquore asperge. *C. S.*

Spàirte, *pret. part. v.* Spàrr. Fastened, fixed, wedged in: fixus, nexus, vi perruptus.

"Sheall an leònt' thar bile 'sgèithe,
"'S i *spàirte* ri creuchd 'n a uchd."
S. D. 239.

The wounded (man) looked over the edge of his shield, while it was fixed to a wound in his breast. Intuitus est vulneratus (vir) trans extremitatem (sui) scuti, et illo affixo vulneri in ipsius pectore.

Spairteach, -eiche, *adj.* (Spairt). 1. Daubing, that daubs: oblinens. *C. S.* 2. Splashing: aspergens. *C. S.* 3. Abounding in clods: glebulis frequens. *C. S.* 4. In small drops: guttulis fre- *C. S.*

Spairteadh, -idh, *s. m.* et *pres. part. v.* Spairt. 1. Daubing, act of daubing: oblinendi actus. *C. S.* 2. Splashing, act of splashing: aspergendi actus. *C. S.*

* Spaisd, -idh, sp, *v. n.* *O'B.* Vide Spaisdirich.

Spaisdear, -ir, -an, *s. m.* (Spaisd, et Fear). A saunterer, one who saunters, or strolls: vagator, qui vacuus vagat. *C. S.*

Spaisdearach, -aiche, *adj.* (Spaisdear), Strolling, sauntering: vagans. *C. S.*

Spaisdearachd, } *s. f. ind.* et *pres. part. v.* Spaisdirich. 1. Walking, act of walking, strolling, or sauntering: ambulatio, ambulandi, vel vagandi actus. "An ceann dà mhìos dheug bha e *spaisdearachd* ann an lùchairt rìoghachd Bhabiloin." *Dan.* iv. 29. At the end of twelve months, he was walking in the palace of the kingdom of Babylon. Exactis mensibus duodecim obambulabat in palatio regni Babyloniæ. 3. A slow pipe-tune, a march-tune played on the bagpipe: cantus tibiâ utriculari modulatus, tardiore digitorum motu. *C. S.*
Spaisdeireachd, }

Spaisdirich, -idh, sp, *v. n.* (Spaisd), Walk, saunter, strut along, walk proudly: obambula, superbo gressu incede. *C. S.*

Spàl, -àil, -an, *s. m.* A weaver's shuttle: radius textoris. "Tha mo làithean ni 's luaithe na *spàl* figheadair." *Iob.* vii. 6. My days are swifter than a weaver's shuttle. Sunt mei dies velociores radio

textoris. *Scot.* Spoole, et Spule. *Jam.* *Germ.* Spule. *Belg.* Spoel. *Swed.* Spole. *Isl.* Spola.

Spàl, -a, -an, *s. m.* *C. S.* Vide Spathalt.

Spàlach, -aiche, *adj.* (Spàl). 1. Having shuttles: radiis textoris instructus. *C. S.* 2. Like a weaver's shuttle: radio textoris similis. *C. S.* 3. *C. S.* Vide Spathaltach.

Spàlag, -aig, -an, *s. f.* 1. A pea-cod: pisi siliqua. *Macf. V.* 2. The stroke of an oar in rowing: remigii ictus. *C. S.* 3. A small spoon: cochlear parvum. *C. S.* 4. A piece of the dried bark of a tree: corticis siccatæ fragmentum. *C. S.*

Spàladair, -e, -ean, (Spàl, et Fear), A maker of shuttles: radiorum textoriorum fabricator. *C. S.*

Spalla, } -aidh, -ean, *s. m.* 1. A wedge: cu-
Spalladh, } neus. *Llh.* et *O'B.* 2. A fragment of stone used in building: lapidis fragmentum in parietem condendo utile. *C. S.*

Spalp, -aidh, sp, *v. a.* et *n.* *C. S.* Vide Spailp.

Spalpadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Spailp. *C. S.* Vide Spailpeadh.

Spalpair, -e, -ean, *s. m.* *C. S.* Vide Spailpear.

Spang, -aing, et -a, -an, *s. f.* 1. Any small thin plate of metal: bractea, bracteola. *MSS.* 2. Any thing shining, or sparkling: quicquid fulgens, splendens, vel coruscans. *A. M'D.* 99. *Angl.* Spangle.

Spangach, -aiche, *adj.* (Spang). 1. Abounding in small thin plates of metal: bracteis, vel bracteolis frequens. *C. S.* 2. Like a small, or thin plate of metal: bracteolæ similis. *C. S.* 3. Shining, sparkling: nitens, fulgens, splendens. *C. S.*

Spann, -aidh, sp, *v. a.* Sever, cut asunder, divide: seca, disseca, secerne. *MSS.*

Spannadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Spann. Severing, act of severing, cutting asunder, or dividing: secandi, dissecandi, secernendi actus.

" Ni iad smùis is feòil a *spannadh.*"
A. Macdon. 127.

They will cut asunder marrow and flesh. Secernent medullam et carnem.

Spaoil, -idh, sp, *v. a.* Wrap up, swathe, swaddle: fasciis involve. *C. S.*

Spaoileadh, -idh, *s. m.* et *pres. part. v.* Spaoil. Wrapping, act of wrapping up, swathing, swaddling: fasciis involvendi actus. " An uair a rinn mi neul 'n a thrusgan di, agus tiugh dhorchadas 'n a chrios-*spaoilidh* di." *Iob.* xxxviii. 9. When I made the cloud the garment thereof, and thick darkness a swaddling band for it. Quum faciebam nubem indumentum ei, et caliginem cunabula ei.

Spàr, -a, -an, *s. m.* *C. S.* Vide Spàrr, *s.*

Sparasach, -aiche, *adj.* *C. S.* Vide Spairiseach.

Spàrdan, -ain, -an, *s. m.* 1. A roost, a hen-roost: gallinarium. *C. S.* 2. A little eminence, or hill flat at top: colliculus planâ vertice. *C. S.*

Spàrdanach, -aiche, *adj.* (Spàrdan). 1. Having roosts, abounding in roosts: gallinariis frequens. *C. S.* 2. Like a roost: gallinario similis. *C. S.*

Spàrr, -aidh, sp, *v. a.* (Spàrr, *s.*) 1. Drive, as a nail, or a wedge: impelle, adige, ut cuneum, vel clavum. *C. S.* 2. Induce by force: vi rem quamvis induc. *C. S.* 3. Fix, nail: fige, infige, clavum fige vel infige.

" *Spàrr* e r' a chroich ar n-ain-tighearn."
Macf. Par. xxii. 3.

He nailed to his cross our tyrant. Fixit ad suam crucem nostrum tyrannum. 4. Thrust: trude. *C. S.* 5. Enforce by argument, inculcate: coge, argumentis robora, vel confirma, inculca, itera. *C. S*

Spàrr, -arra, -an, *s. m.* 1. A joist, a beam, a spar of wood: trabs. *Macf. V.* 2. A cross beam joining together the opposite rafters supporting the roof of a house: trabs transversa tigna adversa tectum domûs sustinentia conjungens. *C. S.* 3. A roost, a hen-roost: gallinarium.

" Cha bhi coileach air an *spàrr,*
" Nach faigh am bàs ma 's urrain mi."
K. Mackenz. 28.

There will not be a cock upon the roost that will not be killed (*lit.* receive death), if I can. Non erit gallus in gallinario qui non accipiet mortem si possim.

Sparradh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Spàrr. 1. Driving, act of driving, as a nail, or wedge: impellendi, adigendi, ut cuneum, vel clavum actus. *C. S.* 2. Act of inducing by force: vi rem aliquam inducendi actus. *C. S.* 3. Fixing, act of fixing, or nailing: figendi, infigendi, clavum figendi actus. *C. S.* 4. Thrusting, act of thrusting: trudendi actus. *C. S.* 5. Enforcing, act of enforcing by argument, urging, or inculcating: cogendi, argumentis roborandi, vel confirmandi, inculcandi actus. *C. S.* 6. An injunction, a charge: injunctio, mandatum. *C. S.* *Germ.* Sperren, claudere impedimento transverso. *Wacht.* *A. Sax.* Sparran. *Belg.* Sperren.

Sparrag, -aig, -an, *s. f.* A bridle-bit: lupatum. " Na bi mar each, no mar mhuileid, aig nach 'eil ciall; d' an cuirear *sparrag* agus strian 'n am beul." *Salm.* xxxii. 9. Be not like a horse, or a mule, who has no understanding, in whose mouth a bit and bridle are put. Ne esto ut equus aut mulus cui non est intelligentia, quibus imponuntur lupatum et frænum in eorum ore. 2. An intricacy, a difficulty: perplexitas, difficultas.

" 'S tu gu 'm fuasgladh gach *sparrag.*"
R. M'D. 276.

It is thou that wouldst solve every difficulty. Est tu qui solveres omnem difficultatem. 3. An undue vehemence in speaking, or enforcing an argument, positiveness, petulance: inter loquendum, vel argumentum nimia vehementia, obstinatio, pervicacia. *A. Macdon.* 210. 4. A nail: clavus. *MSS.*

Sparragach, -aiche, *adj.* (Sparrag). 1. Having a bit, as a bridle: lupato instructus. *C. S.* 2. Difficult, intricate: perplexus, difficilis. *C. S.* 3. Obstinate, petulant, or vehement in assertion: inter loquendum obstinatus, pervicax, vehemens. *C. S.*

Sparran, -ain, -an, *s. m. dim.* of Sparr. 1. A bolt, or bar: obex. *C. S.* " Sparran-doruis." *Macf. V.* A door-bolt: obex. 2. *R. M'D.* 248. Id. q. Sparrag, 3.

SPART, -AIRT, -AN, *s. m.* *C. S.* Id. q. Spairt.

SPATHALT, -AILT, -AN, *s. f.* 1. A limb: membrum, artus. *C. S.* 2. A large, and clumsy limb: membrum ingens inconditumque. *C. S.*

SPATHALTACH, -AICHE, *adj.* (Spathalt), Limbed, having large and clumsy limbs: membra ingentia inconditaque gerens. *C. S.*

SPÀRSAN, -AIN, -AN, *s. m.* The dew-lap of a beast: palear, ruma. *C. S.*

SPARRANACH, -AICHE, *adj.* (Spàirsan), Having a dew-lap: palear gerens. *C. S.*

SPEACH, -A, AN, *s. f.* 1. A wasp: vespa. *C. S.* 2. Any venemous little creature: animalculum venenosum. *C. S.* 3. The bite, or sting of any venemous creature: animalis venenosi punctura. *C. S.* *Gr.* Σφηξ, vespa.

SPEACH, -A, -AN, et -ANNAN, *s. m.* A blow, or thrust: ictus, vel impulsus. *R. M'D.* 81.

SPEACHACH, -AICHE, *adj.* (Speach). 1. Abounding in wasps: vespis scatens. *C. S.* 2. Like a wasp: vespæ similis. *C. S.* 3. Venemous, stinging: venenosus, mordens, pungens. *C. S.*

SPEACHAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Speach, et Fear). 1. One who strikes, or beats: qui percutit, vel tundit. *C. S.* 2. A waspish, peevish fellow: perversus, pervicax quis. *C. S.* 3. A little, trifling, or dwarfish fellow: homuncio, nanus. *C. S.*

SPEACHANNACH, -AICHE, *adj.* (Speach). *C. S.* Vide Speachanta.

SPEACHANTACHD, *s. f. ind.* (Speachannach). *C. S.* Vide Speachantas.

SPEACHANTA, -AINTE, *adj.* (Speach). 1. Waspish, peevish, vicious: pervicax, difficilis, vitiosus. *C. S.* 2. Quick, nimble: vegetus, vigilis. *C. S.*

SPEACHANTAS, -AIS, *s. m.* (Speachanta). 1. Peevishness, waspishness: pervicacia, protervitas. *C. S.* 2. Quickness, nimbleness: agilitas. *C. S.*

SPEACHARRA, *adj.* *C. S.* Vide Speachanta.

SPEACHARRACHD, *s. f. ind.* (Speacharra). *C. S.* Vide Speachantas.

SPEAL, -A, -AN, *s. f.* 1. A scythe: falx. *Macf. V.* 2. A sword: ensis. *K. Mackenz.* 14.

SPEAL, -AIDH, SP, *v. a.* (Speal). 1. Mow, cut down: mete, demete. *O'R.* et *C. S.* 2. Use cutting words: verba mordacia adhibe. *C. S.*

SPEALACH, -AICHE, *adj.* (Speal). 1. Furnished with a scythe, or scythes: falce, vel falcibus instructus. *C. S.* 2. Like a scythe: falci similis. *C. S.* 3. Mowing: demetens. *C. S.* 4. Using cutting words: verba mordacia adhibens. *C. S.*

SPEALADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Spealadh, et Fear), A mower: falcator, fœni messor.

SPEALADAIREACHD, *s. f. ind.* (Spealadair), Mowing: fœni messio. *Macf. V.*

SPEALADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* *Stew.* 203. Vide Speal.

SPEALADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Speal. 1. Mowing, act of mowing, or cutting down: metendi, demetendi actus. *C. S.* 2. Act of using cutting words: verba mordacia adhibendi actus. *C. S.* 3. A scolding, a scold: rixatio. *C. S.*

SPEALAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Speal, et Fear). 1. One that cuts fast: agilis messor. *C. S.* 2. A satirist, one who uses cutting words: satiricus, qui verba mordacia adhibet. *C. S.*

SPEALAIREACHD, *s. f. ind.* (Spealair). *C. S.* Vide Spealadaireachd.

SPEALANTA, -AINTE, *adj.* (Speal). 1. Acute, cutting, that cuts: acutus, peracutus, secans. *C. S.* 2. Quick, ready: promptus, vividus, vivax. *C. S.* 3. Clever, active: expeditus, promptus. *C. S.* 4. Sharp, satirical, using cutting words: satiricus, verba mordacia adhibens. *C. S.*

SPEALANTACHD, *s. f. ind.* (Spealanta). 1. Acuteness: acumen. *C. S.* 2. Quickness, readiness: promptitudo, vivacitas. *C. S.* 3. Cleverness, activity: dexteritas. *C. S.* 4. Sharpness of language, or speech: verborum mordacitas. *C. S.*

SPEALG, -AIDH, SP, *v. a.* et *n.* (Spealg, *s.*) 1. Break with violence, make splinters of, split: scinde in assulas, vel fragmenta scinde, vel vi perrumpe. *Macf. V.* et *C. S.* 2. Fall into pieces, or splinters: in fragmenta, vel assulas delabe. *C. S.*

SPEALG, -EILG, -AN, *s. f.* A splinter, a fragment: assula, fragmentum. *Scot.* Spelk. *Jam.*

SPEALGACH, -AICHE, *adj.* (Spealg). 1. Splintered: fractus, diffissus. *C. S.* 2. Full of splinters, abounding in splinters, or fragments: assulis, vel fragmentis frequens. *C. S.* 3. That splits, or splinters: in assulas, vel fragmenta scindens, vel frangens. *C. S.*

SPEALGACH, -AICH, *s. f.* (Spealg), A quantity of splinters, or fragments: assularum, vel fragmentorum congeries. *C. S.*

SPEALGADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Spealg. Breaking, act of breaking with violence, smashing, making splinters of, splitting: in assulas, vel fragmenta scindendi vel perfringendi actus. *C. S.* 2. State of splitting, or falling into pieces, or fragments: in assulas, vel fragmenta delabendi status. *R. M'D.* 147.

SPEALGAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Spealg, et Fear), One who splinters, breaks into splinters, or fragments: qui in assulas, vel fragmenta perfringit. *C. S.*

SPEALGTA, *pret. part v.* Spealg. Splintered, broken into pieces, or splinters: in assulas vel fragmenta perfractus. *C. S.*

SPEALP, -EILP, *s. m.* *MSS.* Vide Spailp.

SPEALPAIR, E, -EAN, *s. m.* (Spealg, et Fear). *MSS.* Vide Spailpear.

SPEALT, -A, -AN, *s. f.* A splinter: assula.

" Mar ghearrar is mar sgoiltear fiodh,
" 'Na *spealtaibh* air an làr." *Salm.* cxli. 7.

As timber is cut down and split into splinters upon the ground. Sicut secatur et scinditur lignum in assulas supra solum. *Germ.* Spalt, rima, fissura. *Wacht.*

SPEALT, -AIDH, SP, *v. a.* (Spealt, *s.*), Cleave, split, break with force: scinde, discinde, vi perfrange. *C. S.* *Scot.* Spelder, to split: scindere. *Jam.* *Germ.* Spalten. *Wacht.* *Swed.* Spial-a. *Scot.* Spelding, Spelden, et Speldrin. Any small fish split, and dried in the sun: piscis exiguus quivis scissus, et sole arefactus. *Jam.*

ULARTAICH, } *s. f. ind.* 1. A howling: ejulatio, ULFHARTAICH, } ululatio. "Fhuair e ann am fearann fàs e, cadhon ann am fàsach falamh làn *ulfhartaich.*" *Deut.* xxxiii. 10. He found him in a desert land, even in a wilderness full of howling. Invenit illum in terra deserta, nempe in solitudine plena ejulationum.

ULLACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Ullaich. 1. Preparing, act of preparing: præparandi actus. *C. S.* 2. Appointing, act of appointing: constituendi, præstandi actus. *C. S.* 3. A preparation, provision: præparatio, provisio. *C. S.*

ULLAICH, -IDH, DH, *v. a.* (Ullamh). 1. Prepare, make ready: compara, præpara. "*Ullaichibh* bhur chridhe a chum an Tighearna." 1 *Sam.* vii. 3. Prepare your hearts unto the Lord. Comparate vestrum animum ad Dominum Deum. 2. Appoint, constitute: constitue, præfice. *C. S.* 3. Procure, provide: provide, suppete. *C. S.*

ULLAICHTE, *pret. part. v.* Ullaich. 1. Prepared: comparatus, præparatus. *C. S.* 2. Appointed, constituted: constitutus. *C. S.* 3. Provided: provisus. *C. S.*

ULLAMH, -AIMHE, *adj.* 1. Ready, prepared, finished: paratus, promptus, finitus. "A ta na h-uile ǹithe *ullamh.*" *Mat.* xxii. 4. All things are ready. Omnia sunt parata. 2. Ready, prone to: avidus, proclivis in aliquid. *C. S.*

ULLAMHACHD, *s. f. ind.* (Ullamh), Readiness, proneness: promptitudo, proclivitas. *C. S.*

ULLAMHAICH, -IDH, DH, *v. a.* (Ullamh). *C. S.* Vide Ullaich.

ULLUCHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Ulluich. *C. S* Vide Ullachadh.

ULLUICH, -IDH, DH, *v. a.* (Ullamh). *C. S.* Vide Ullaich.

ULTACH, -AICH, -EAN, *s. m.* 1. An armful, a lapful: manipulus.

"Chàirich i h-éideadh m' a uchd,
"'S ǹinn i aghart de 'n *ultach* bu tiorma."
S. D. 130.

She folded her clothes around his breast, and made a pillow of the driest lapful. Plicavit suas vestes circa ejus pectus, et fecit cervical ex aridissimo manipulo. 2. The bosom: gremium. *C. S.*

* Um, *prep. O'B.* Vide Uim, et Uime.

UMAD, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Uim, et Thu). 1. About thee, upon thee: circum te. "Tilg t' fhalluinn *umad.*" *Gniomh.* xii. 8. Cast thy garment about thee. Amicitor tuum pallium circa te. *Emph.* Umad-sa. Vide Uime. 2. Concerning thee: de te. *C. S.*

UMAIBH, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Uim, et Sibh). 1. About you: circa vos. 2. Concerning you: de vobis. *C. S.* *Emph.* Umaibh-se.

ÙMAIDH, -E, -EAN, *s. m.* 1. A dolt, a blockhead, a simpleton, a fool: stultus, tardus ingenii.

"—— na h-*ùmaidh'* fàgail toic do chàch,
"Is faghail bhàis iad féin." *Ross. Salm.* xlix. 10.

The senseless leaving treasure to others, and themselves dying. Stultos relinquentes gazam cæteris, et ipsis morientibus. 2. A boor, a churlish fellow: rusticus, morosus quis. *C. S.* 3. A coward: imbellis quis.

"Cha b' e 'n t-*ùmaidh* air chùl,
"Na sgèithe e."
Gill. 154.

He was not the coward behind the shield. Non fuit imbellis ille ad dorsum scuti. *Arab.* احمق *uhmug.*

ÙMAIDH, -E, *adj.* (Ùmaidh, *s.*) 1. Vulgar, ignorant: rudis, ignarus. *C. S.* 2. Cowardly: imbellis. *C. S.*

UMAINN, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Uim, et Sinn). 1. About us: circa nos. *C. S.* 2. Of, concerning us: de nobis. *C. S.* Vide Uime. *Emph.* Umainne.

UMAM, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Uime, et Mi). 1. About me: circum me. *C. S.* 2. Of, concerning me: de me. *C. S.* Vide Uime. *Emph.* Umam-sa.

UMHA, *s. m. ind.* Copper, or brass: æs, cuprum. *Voc. Llh.* et *O'B.* "Bithidh na speuran a ta os do cheann 'ǹ an *umha.*" *Deut.* xxviii. 23. Thy heavens that are over thy head shall be brass. Erunt tui cœli qui sunt supra tuum caput æs.

UMHADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Umha, et Fear), A brazier: faber ærarius. *C. S.*

UMHADAIREACHD, *s. f. ind.* (Umhadair), The brazier's trade: ærarii fabri munus. *C. S.*

UMHAIL, *s. f. ind.* 1. Heed, attention, consideration: cura, cogitatio.

"Gun *umhail* do 'n lot 'ǹ a chliabh féin."
S. D. 152.

Without heed to the wound in his own breast. Sine cura de vulnere in pectore ipsius. 2. Doubt, suspicion: dubitatio, diffidentia. "Chuir e 'n *umhail* mi." *C. S.* He suspected me, he doubted me. Suspicavit, vel dubitavit me. "Cha 'n 'eil *umhail* agam." *C. S.* I doubt not: non dubito.

ÙMHAIL, -E, *adj.* *C. S.* Id. q. Ùmhal.

UMHAILLEACH, -EICHE, *adj.* (Umhail, 2.), Suspicious: dubius, suspicax. *MSS.* et *C. S.*

UMHAILT, -E, *adj.* *C. S.* Vide Umhal.

UMHAILTEAS, -EIS, *s. m.* (Ùmhal), Humility, obedience, tractability: humilitas, obedientia, mansuetudo. *C. S.*

ÙMHAL, -AILE, *adj.* 1. Submissive, obedient, humble: submissus, obediens, humilis. "An Spiorad ǹaomh, thug Dia dhoibh-san a ta *ùmhal* dha." *Gniomh.* v. 32. The Holy Ghost which God hath given to those who obey him. Spiritus Sanctus quem dedit Deus illis qui sunt obedientes ipsi. 2. Humble, lowly, meek: humilis, mitis. *C. S.*

ÙMHLACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùmhlaich. 1. Humbling, act of humbling: humilem reddendi actus. *C. S.* 2. Obeying, act of obeying, or submitting: obediendi actus. *C. S.* 3. Humiliation, submission: submissio. *C. S.*

ÙMHLACHD, *s. f. ind.* (Ùmhal). 1. Obedience: obsequium. "Tre an d' fhuair sinne gràs agus ab-

stolachd, chum *ùmhlachd* a' chreidimh." *Rom.* i. 5. Through whom we have received grace and apostleship to the obedience of faith. Per quem accepimus gratiam et apostolatum ad obsequium fidei. 2. Humility, meekness: humilitas. *C. S.* 3. A bow, or courtesy: corporis inclinatio. *C. S.* 4. Obeisance, salutation, homage: salutatio. *C. S.*

Ùmhladh, -aidh, -ean, *s. m.* A fine: mulcta. *C. S.* Id. q. Ùbhla.

Ùmhladh, -aidh, *s. m.* *C. S.* Id. q. Ùmhlachd, 3.

Ùmlaich, -idh, dh, *v. a.* (Ùmhal). 1. Humble, subdue, conquer: humilem redde, vince. *C. S.* 2. Obey, submit: cede, obedi. *C. S.*

Ùmhlaichte, *pret. part. v.* Ùmhlaich. Humbled, subdued: humilis redditus, victus, subactus. *C. S.*

Ùmhraisg, -e, -ean, *s. m.* *Macf. V.* Vide Uruisg.

Umpa, *prep.* conjoined with *pres. pron.* (Uim, et Iad). 1. About them: circum illos. *Voc.* et *C. S.* 2. Of, or concerning them: de illis. *C. S.* Vide Uime.

Umpadail, -e, *adj.* Foolish, clownish, boorish: stultus, rusticus. *C. S.*

Umpadalachd, *s. f. ind.* (Umpadail), Boorishness, rudeness: rusticitas. *C. S.*

Umpaidh, -e, -ean, *s. m.* A boor, a clown, a rude idiot: rusticus, insipiens, insulsus quis. *O'R.* et *C. S.*

Umpair, -e, -ean, *s. m.* An umpire, moderator: arbiter. *Macf. V.*

Umpaireachd, *s. f. ind.* (Umpair), The office of an umpire: arbitri munus. *C. S.*

Ung, -aidh, dh, *v. a.* Anoint: inunge. "Dh'*ung* thu le oladh mo cheann." *Salm.* xxiii. 5. Thou anointedst my head with oil. Inungisti oleo meum caput. *Scot.* Unct. *Jam.*

Ungadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ung. 1. Anointing, act of anointing: inungendi actus. *C. S.* 2. An unction, or ointment: unctio, unguentum. *Voc.* et *C. S.*

Ungta, *pret. part. v.* Ung. Anointed: unctus. *C. S.*

Unnsa, } -aidhean, *s. m.* An ounce: uncia. *C. S.*
Unsa, } *Wel.* Uns. *Dav.* *Germ.* Unz. *Wacht.*

Untas, -ais, *s. f.* A windlass: trochlea. *Llh.* et *O'B.*

Ùp, -aidh, dh, *v. a.* Push, justle, push out: impelle, trude, submove.

"*Ùp* a mach gu grad le d' làmh e."
A. Macdon. 193.

Push him out quickly with thy hand. Impelle citò illum tua manu.

Ùpadh, -aidh, -ean, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùp. 1. Pushing, act of pushing, or justling: impellendi, trudendi actus. *C. S.* 2. A push, or thrust: impulsus. *K. Mackenz.* 123.

Ùpag, -aig, -an, *s. f.* A slight push: impetus levis. *K. Mackenz.* 55.

Ùpagach, -aiche, *adj.* (Ùpag), That pusheth, or thrusteth away: repellens. *C. S.*

Upainn, -e, -ean, *s. f.* *C. S.* Vide Uipinn.

Ùpairneach, -eiche, *adj.* Bustling excessively: immodicè turbatus. *C. S.*

Ùprait, -e, -ean, *s. m.* Bustle, confusion: turbatio, confusio. *C. S.*

Ùpraiteach, -eiche, (Ùprait), Bustling: turbatus. *C. S.*

Ùr, Ùire, *adj.* 1. Fresh, new, recent: novus, recens, sensu generali.

"Gu 'm bu mhaith ar n-*ùr* chlaidhmhean."
S. D. 59. *marg.*

Good were our new swords. Quòd boni fuerunt nostri novi gladii. 2. Flourishing: florens. *C. S.* 3. Young, youthful, vigorous: juvenis, vegetus. *S. D.* 210. 4. Beautiful, fair: pulcher. *C. S.* "As ùr," *adv.* A-new, a-fresh: de novo. "Ùr nomha." *C. S.* Quite new: novissimus. *Wel.* Ur. *Dav.* *Isl.* Ur, out of: e, ex.

* Ur, *s. m.* Fire: ignis. *O'R.* *Hebr.* et *Chald.* אור *aur.*

Ur, *poss. pron.* *S. D.* 9. Vide Bhur.

Urabhallach, -aich, *s. f.* The herb devil's bit: scabiosa succisa. *O'R.*

Ùrach, *gen* of Ùir, *s.* q. vide.

Urach, -aich, -ean, *s. f.* A bottle, pail, or small tub: uter, mulctrale, dolium minus. *Voc.* 87.

Ùrach, -aiche, *adj.* (Ùir, *s.*), Earthy, dusty: terrestris, pulverulentus. *S. D.* 9.

Ùrachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùraich. 1. Renewing, act of renewing: renovandi actus. *C. S.* 2. Refreshing, act of refreshing: recreandi, invigorandi actus. *C. S.* 3. A refreshment: refectio, cibi refectio. *C. S.*

Ùrachd, *s. f. ind.* (Ùr), Newness: novitas. *C. S.*

Ùrad, -aid, *s. m.* (Ùr), Newness, degree of newness: novitas, novitatis gradus. *C. S.*

* Uraiceachd, *s. f. ind.* (Ùr, et Teachd), An accidence, primer, rudiments of education: liber elementarius. *Llh.* et *Ir. Gram.*

Ùraich, -idh, dh, *v. a.* et *n.* (Ùr, *adj.*) 1. Renew: renova. *C. S.* 2. Renew, be renewed: renovare.

"Trì làithe, *dh'ùraich* an strì."
Fing. i. 40.

Three days the strife was renewed. Tres dies renovata est certatio. 3. Refresh, recreate: recrea, refice. *C. S.* 4. Become fresh, or green: viresce.

"Ach cha 'n *ùraich* mo gheug-sa gu bràth."
S. D. 342.

But my branch will never become green. At non virescet meus ramus unquam.

Ùraichte, *pret. part. v.* Ùraich. 1. Renewed: renovatus. *C. S.* 2. Refreshed: refectus. *C. S.*

Ùrail, -e, } *adj.* (Ùr), Flourishing, young, gay:
Ùrair, } viridis, juvenilis, lætus. *C. S.*

Ùraireachd, *s. f. ind.* (Urair), Freshness, newness: vigor, novitas. *C. S.*

Ùralachd, *s. f. ind.* (Ùrail). *C. S.* Vide Ùraireachd.

Ùranach, -aich, *s. m.* (Ùr, et Neach), An upstart: vir novus. *Macf. V.*

Ùr-bheachd, -an, *s. m.* (Ùr, et Beachd), A new view: intuitus recens, vel novus. *Macf. V.* et *C. S.*

Ùr-bhlàth, -àith, -an, *s. m.* (Ùr, et Blàth), A blossom, a flower: flos, flosculus. *C. S.*

Ùr-bhreith, -e, -ean, *s. f.* (Ùr, et Breith), A recent birth ! partus recens. *C. S.*

Ùr-bhuidh, -e, -ean, *s. f.* Rustling noise, tumbling, tossing: crepitus, strepitus, volutatio, agitatio. *O'R.*

Urchaill, *pl.* of Urchall, *s.* q. vide.

Urchaill, -e, -ean, *s. f.* The furrow board of a plough: aratri pars quædam tabulata qua prosternitur sulcus. *C. S.*

Urchailte, *pret. part. v.* Urchallaich. *C. S.* Id. q. Urchallaichte.

Urchair, -e, et -each, Urchraichean, *s. f.* 1. A shot: jaculatio scloppi. *Macf. V.* et *C. S.* 2. A cast, throw, or push: jactus, impetus. *C. S.* 3. A sudden sally, or movement: motus repentinus. *C. S. Wel.* Ergywd. *Walt. Arm.* Urch, Urcha, et Urza, to send forth with violence: impetu emittere. *Angl.* Urge.

Urchaireach, -eiche, *adj.* (Urchair). 1. Shooting, that shoots: jaculans, qui jaculat. *C. S.* 2. Pushing, that pushes, or throws: impellens, qui impellit, vel jactat. *C. S.*

Urchaireachd, *s. f. ind.* (Urchaireach), A shooting, throwing, pushing, or casting: jaculatio, impulsio, alicujus impetu expulsio. *C. S.*

Urchall, -aill, -an, *s. m.* Shackles, a fetter, or fetters: manica, compedes. *C. S.*

Urchallach, -aich, *s. f.* A heifer of a year and a half old: juvenca sesqui anni. *MSS.*

Urchallach, -aiche, *adj.* (Urchall). 1. Having on fetters, or shackles: compedibus vel manicis obstrictus. *C. S.* 2. Like a fetter, or shackle: compedibus similis. *C. S.*

Urchallachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Urchallaich. Fettering, act of fettering, or binding with fetters: compedibus, vel manicis constringendi actus. *C. S.*

Urchallaich, -idh, dh, *v. a.* (Urchall), Bind with fetters, or manacles: compedibus vel manicis constringe. *C. S.*

Urchallaichte, *pret. part. v.* Urchaillaich. Bound with fetters, or manacles: compedibus vel manicis alligatus, vel constrictus. *C. S.*

Urchasg, -aisg, -an, *s. m.* 1. Physic: medicamentum catharticum. *Provin.* 2. A preservative: alexipharmacum. *MSS.* 3. An antidote: antidotus. *Voc.* et *C. S.*

Ùr-chleas, -a, -an, *s. m.* (Ùr, et Cleas), A feat, a deed: factum, gestum quod. *C. S.* 2. A ludicrous, or strange deed: factum ludicrum, vel insolitum. *C. S.*

Ùr-chleasach, -aiche, *adj.* (Ùr-chleas). 1. Nimble, active, quick at feats: agilis, alacris, gnavus. *Macf. V.* 2. Performing ludicrous, or strange actions: facta ludicra vel insolita peragens. *C. S.*

Ùr-chleasachd, *s. f. ind.* (Ùr-chleasach). 1. Nimbleness, activity: alacritas, agilitas. *C. S.* 2. A performing of strange or ludicrous actions: factorum ludicrorum vel insolitorum peractio. *C. S.*

Urchoid, *s. f.* 1. Hurt, harm, detriment, mischief: damnum, injuria, malum.

" Aon olc no *urchoid* do theachd orm,
" Ni h-eagal leam."

Ross. Salm. xxiii. 4.

Any evil or hurt to come upon me, I fear not. Ullius mali vel damni venturi mihi timor non est mihi. 2. A calamity: calamitas. *C. S.* 3. Adversity: res adversæ. *C. S.*

Urchoideach, -eiche, *adj.* (Urchoid). 1. Injurious, hurtful: injuriam afferens, damnosus. *C. S.* 2. Calamitous: calamitosus. *C. S.* 3. Adverse, unfortunate: adversus, infaustus. *C. S.*

Ùr-choill, } Ùr-choille, } -lltean, *s. f.* (Ùr, et Coille), A green wood: sylva florescens. *C. S.*

Ùr-choilleach, -eiche, *adj.* (Ùr-choille), Abounding in green woods: sylvis florescentibus abundans. *C. S.*

Urchosg, -oisg, -an, *s. m. C. S.* Vide Urchasg.

Ùr-chràdh, -àidh, *s. m.* (Ùr, et Cràdh), Recent, or severe distress, or grief: mœror recens vel gravis. *C. S.*

Ùr-chradhach, -aiche, *adj.* (Ùr-chràdh,) Wretched, keenly grieved: miser, gravi dolore afflictus. *C. S.*

Ùr-chrann, -ainn, *s. f.* (Ùr, et Crann), A blooming, or fresh tree: arbor florescens, vel integra. *C. S.*

Ùr-chrannach, -aiche, *adj.* (Ùr-chrann), Abounding in blooming, or fresh trees: arboribus florescentibus vel integris frequens. *C. S.*

Urchuid, -e, -ean, *s. f. C. S.* Vide Urchoid.

Urchuir, } Urchur, } -e, et -uir, -ean, et -an, *s. f. C. S.* Vide Urchair.

Ùr-dhathaichte, *adj.* (Ùr, et Dath), New-coloured: nuper coloratus. *C. S.*

Ùr-dhubhadh, -aidh, -ean, *s. m.* (Ùr, et Dubhadh), An eclipse: solis vel lunæ obscuratio, vel defectio. *Macf. V.*

Ùr-fhallain, e, *adj.* (Ùr, et Fallain), Fresh, and healthy: vegetus, et sanus. *C. S.*

Ùr-fhàs, -àis, *s. m.* (Ùr, et Fàs). 1. A bloom, a sprout: flos, germen. *C. S.* 2. Offspring: proles. *MSS.* et *C. S.*

Ùr-fhàs, -aidh, -dh, *v. n.* (Ùr, et Fàs, *v.*) Grow again, bud forth: iterum cresce, vel floresce. *C. S.*

Ùr-fhàs, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùr-fhàs. Growing, state of growing again, or budding forth: iterum crescendi vel florescendi status. *C. S.*

Ùr-fhoghar, *s. m.* Autumn: autumnus. *Llh.*

Ùr-ghàirdeachas, -ais, *s. m.* (Ùr, et Gàirdeachas), Rejoicing, great, or sincere rejoicing, or joy: exultatio vel lætitia magna vel integra.

" Is aisig dhomh *ùr-ghàirdeachas*
" Do shlàinte chàirdeil féin."

Salm. li. 12.

And restore to me the sincere joy of thy benign salvation. Et redde mihi integram lætitiam tuæ salutis benignæ ipsius.

* Urghais, -e, -ean, *s. f.* An exchange, alteration: commutatio, mutatio. *Llh.*

Urla, *s. m. ind.* 1. A face, or front, the countenance: frons, facies, vultus.

"A h-*urla* làn chlaisean."
A. Macdon. 42.
Her face full of wrinkles (furrows). Ejus facies plena sulcorum. 2. Hair, a lock of hair: capillus, cirrhus. *O'B.* et *Macf. V.* 3. The breast, or chest: pectus. *MSS.* 4. *MSS.* Vide Urlar.

Ùr-labhair, -idh, *contr.* -labhraidh, dh, *v. n.* (Ùr, et Labhair), Utter, or speak eloquently: facundè loquere. *Llh.* et *C. S.*

Ùr-labhairt, *s. f.* et *pres. part. v.* Ùr-labhair. 1. Act of speaking eloquently: facundè loquendi actus. *C. S.* 2. Eloquence, rhetoric, oratory: eloquentia, facundia. *O'B.* et *C. S.*

Ùr-labhairteach, -eiche, *adj.* (Ùr-labhairt), Eloquent, oratorical, rhetorical: facundus, disertus, rhetoricus. *C. S.*

Ùr-labhairteachd *s. f. ind.* (Ùr-labhairteach), Eloquence, oratory: eloquentia, facundia. *C. S.*

Ùr-labhairtear, -ir, -an, *s. m.* (Ùr-labhairt, et Fear,) An orator: rhetoricus, orator. *C. S.*

Ùr-labhrach, -aiche, *adj.* *C. S.* Vide Ùr-labhairteach.

Ùr-labhradh, -aidh, *s. m.* *C. S.* Vide Ùr-labhairt.

Ùr-labhraiche, -ean, *s. m.* *C. S.* Vide Ur-labhairtear.

Urladh, -aidh, -ean, *s. m.* *C. S.* Vide Urla.

Ùrlaim, -e, *s. f.* Readiness, preparation: promptitudo, præparatio. *Macf. V.*

Ùrlaimh, -e, *adj.* (Ur, et Làmh), Neat, quick, expert, ready-handed: nitidus, expers, promptus. *Macf. V.*

Ùrlaimheachd, *s. f. ind.* (Ùrlaimh), Qickness, expertness, ready-handedness: alacritas, peritia, dexteritas. *C. S.*

Ùrlàmhachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùrlàmhaich. Act of making ready, or preparing: comparandi, præparandi actus. *C. S.*

Ùrlàmhaich, -idh, dh, *v. a.* (Ùr, et Làmh), Make ready, prepare: para, compara, præpara. *Macf. V.*

Ùrlamhas, -ais, *s. m.* (Ùrlaimh), Possession, authority, supreme power: possessio, dominium, summa potestas. *MSS.* et *O'R.*

Ùrlann, -ainn, -an, *s. m.* (Ùr, et Lann), A staff: baculum *Macf. V.* et *O'B.*

Urlar, -air, -an, *s. m.* (Ùir, *s.* et Làr). 1. The lowest part, the bottom: pars infima, sensu generali.
"Caoin is gorm air *urlar* ghleann."
Fing. iii. 9.
Smootb and green upon the bottom of vallies. Lenis et cærula in imo vallium. 2. The floor of a house: area, domûs area. "Gabhaidh an sagart cuid de 'n duslach a bhios air *urlar* a' phailliuin." *Air.* v. 17. The priest shall take some of the dust that is on the floor of the tabernacle. Accipiet sacerdos de pulvere qui est in area tabernaculi. 3. The slow part of a bag-pipe tune: musici toni tibiæ utricularis pars tardiùs modulata. *C. S.* "Urlar-bualaidh." 1 *Sam.* xxiii. 1. A threshing-floor: area trituræ accommodata. "Urlar-pabhail." *MSS.* A pavement: pavimentum.

Ùr-loisgeach, -eiche, *adj.* (Ùr, et Loisg), Keen, zealous, fervent: valdè æmulans, ardens, fervidus. *Macf. V.* et *C. S.*

Ùr-luachair, *s. f.* (Ùr, et Luachar), Green rushes: juncus viridis. *Macf. V.*

Ùrmhoireachd, *s. f. ind.* (Ùrmhor). *C. S.* Vide Uralachd.

Ùrluinn, -e, -ean, *s. f.* (Ùr, et Loinn). 1. *C. S.* Vide Urla. 2. Beauty: pulchritudo. *C. S.* et *MSS.* 3. The fore part of a ship: navis regio erga proram. *K. Mackenz.* 139.

Ùr-mhaiseach, -eiche, *adj.* (Ùr, et Maiseach), Beautiful, graceful, handsome: venustus, speciosus, formosus. *R. M'D.* 6.

Ùrmhor, -oire, *adj.* *C. S.* Vide Ùrail, et Ùrar.

Ùrnuigh, -e, -ean, *s. f.* A prayer, prayers: preces, precatio. "Uime sin fhuair do sheirbhiseach 'n a chridhe ao *ùrnuigh* so a dheanamh riut." 2 *Sam.* vii. 27. Therefore thy servant hath found in his heart to pray (make) this prayer unto thee. Idcirco invenit tuus servus in suo animo hanc precationem facere ad te. "Dèan ùrnuigh." *C. S.* Pray: precare. "Ag ùrnuigh." *C. S.* Praying: precans.

Urr, *contr.* for Urradh, q. vide.

Urra, -aidhean, *s. m.* 1. A person: persona, aliquis.
"Gus an tachair *urra* chòir ort."
A. Macdon. 124.
Until some kind person meet thee. Usque quo inciderit aliquis benignus tibi. 2. A child, an infant: infans. *Provin.* 3. A surety: vas, præs, sponsor. *C. S.*

Urradh, -aidh, } -ean, *s. m.* 1. *C. S.* Id. q. Urra.
Urrainn, } 2. An author, a promoter, or beginner of any thing: auctor, qui aliquid incipit, vel excitat.
"Na bi 'n a t' *urrainn* anns a' bhreug."
Gill. 295.
Be not the author of a falsehood. Ne sis auctor mendacii. 5. Power, ability: potestas, capabilitas.
"Ge d' nach *urrainn* mise do dhìdein,
"Air sleagh mo shinnsear ag aomadh."
S. D. 341.
Though I cannot defend thee, bending over the spear of my ancestors. Quamvis non potestas mihi defendere te (*lit.* in) tuam tutelam, incurvanti in hastam meorum majorum. "Cha 'n urrainn mi," vel "Cha 'n urrainn dhomh," vel "Cha 'n urradh mi." *C. S.* I cannot: nequeo, non possum. 3. A defendant in a process: qui jus suum lite defendit. *Macf. V.*

Urrail, -e, *adj.* (Urra), Forward, bold, impudent: audax, impudicus. *Macf. V.*

Urralachd, *s. f. ind.* (Urrail), Forwardness, boldness, impudence: audacia, impudentia. *C. S.*

Urraisge, -ean, *s. m.* *C. S.* et *MSS.* Vide Uruisg.

Urram, -aim, *s. m.* 1. Respect, reverence, deference: observantia, reverentia.
"'N am meadhon bha *urram* do 'n righ."
Tem. vi. 329.

In midst of them there was reverence to the king. In eorum medio fuit reverentia erga regem. 2. Honour, dignity: honor, gloria, dignitas. "Uaitse tha teachd araon saoibhreas agus *urram*." 1 *Eachdr.* xxix. 12. From thee come both riches and honour. A te veniunt simul divitiæ et gloria. "Thoir urram." *C. S.* Reverence, honour: reverere. *Wel.* Urzas.

Urramach, -aiche, *adj.* (Urram). 1. Noble, honourable: nobilis, honorabilis. "Sibhse a 's *urramaiche* de 'n treud." *Ierem.* xxv. 34. You who are the principal of the flock. Vos qui estis nobilissimi pecuarii. 2. Reverend, venerable, worthy of respect: reverendus, honore vel reverentia dignus. *C. S.* 3. Respectful, submissive: obsequius, submissus. *C. S.*

Urramachd, *s. f. ind.* (Urramach). 1. Nobility, honourableness: nobilitas. *C. S.* 2. Homage, submission, respect: jus clientelare, veneratio, honor. *C. S.*

Urramachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Urramaich. Honouring, act of honouring, reverencing, or obeying: honorandi, reverendi, colendi actus. *C. S.*

Urramaich, -idh, dh, *v. a.* (Urram), Honour, revere, reverence, respect: honora, reverere. *C. S.* *Wel.* Urza.

Urramaichte, *pret. part. v.* Urramaich. Honoured, revered: honoratus. *C. S.*

Urranta, -ainte, *adj.* (Urra), Bold, daring, dauntless, intrepid, audacious: fortis, audax, intrepidus. *Gill.* 271.

Urrantachd, *s. f. ind.* (Urranta), Boldness, daringness, intrepidity: audacitas, intrepiditas. *C. S.*

Urras, -ais, -an, *s. m.* 1. A surety, security: præs, vas. "Bi thusa a' d' *urras* dhomh." *Isai.* xxxviii. 14. Be thou surety to me. Esto tu vadimonium mihi. 2. A cautioner: præs. id. et, "Fear-urrais." *C. S.* "Rach an *urras*." *C. S.* Become cautioner: satisda, vadimonium præbe. 3. A bond, or insurance: syngrapha. *C. S.* 4. Boldness: audacitas. *C. S.*

Urrasach, -aiche, *adj.* (Urras). 1. Trust-worthy, secure: fidus, fiduciâ dignus. *C. S.* 2. *C. S.* Vide Urranta.

Urrasachd, *s. f. ind.* (Urrasach). 1. Trust-worthiness: fiducia. *C. S.* 2. *C. S.* Vide Urrantachd.

Urrasail, -e, *adj.* (Urras). *C. S.* Vide Urrasach.

Ursa, -annan, *s. m.* *C. S.* Vide Ursainn.

Ursainn, } -ainn, -an, *s. m.* A door-post, the side
Ursann, } of a door: antes, januæ postis. "A' feitheamh aig *ursainnibh* mo dhorsa." *Gnà.* viii. 34. Waiting at the posts of my doors. Expectans ad postes meorum ostiorum. "Ursannchatha," *poet.* 1. A ruler of a battle: prœlii dux. *S. D.* 306. 2. The ranks of a battle: ordines ad prœlium instructæ. *S. D.* 166. *Wel.* Orsin. *Dav.*

Ursgartadh, -aidh, *s. m.* A sweeping clean, a driving away, as of cattle from grass, or corn: everrendi actus, vel pecudum abactio quasi e gramine, vel segitibus. *C. S.*

Ùr-sgeul, -eòil, -an, *s. m.* (Ùr, et Sgeul). 1. A tale, a romance, a novel: fabula, narratio, fictio. *Macf. V.* et *C. S.* 2. A recent account, or narration: narratio recens, vel nova. *C. S.*

Ùr-sgeulach, -aiche, *adj.* (Ùr-sgeul). 1. Tale-telling, fabulous, romantic, rehearsing fables: fabulosus. *C. S.* 2. Bringing recent or fresh accounts: narrationes recentes vel novas afferens. *C. S.*

Ùr-sgeulachd, *s. f. ind.* (Ùr, et Sgeulachd). *C. S.* Vide Ùr-sgeul.

Ùr-sgeulaiche, -ean, *s. m.* (Ùr, et Sgeul), A fabulist, novelist: fabulator. *C. S.*

Ùr-speal, -aidh, dh, *v. a.* (Ùr, et Speal), Cut, or mow down quickly: celeriter demete. *C. S.*

Ùr-spealach, -aiche, (Ùr-speal. 1. Mowing down quickly: celeriter demetens. *C. S.* 2. New scythed, or mowed: nuper falce sectus. *Macf. V.*

Ùr-spealadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùr-speal. Act of mowing, or cutting down quickly: celeriter demetendi actus. *C. S.*

Ùr-thoiseach, -ich, *s. m.* (Ùr, et Toiseach), The very beginning: verum initium. *C. S.*

Uruisg, -e, -ean, *s. m.* 1. A being supposed to haunt lonely and sequestered places, as mountain rivers, and waterfalls: spiritus quidam apud monticolas qui loca solitaria, flumina montana vel cataractas incolere credebatur. *C. S.* 2. A diviner, one who in a particular manner foretold future events: augur apud monticolas, qui formâ quâdam divinandi res adhuc futuras prædicabat. *C. S.*

* 'Us, *contr.* for Agus, q. vide.

Usa, } *adj. comp. irreg.* of Furas, vel Furasda,
Usadh, } Easier: facilior. "Co aca is *usadh* a ràdh, Tha do pheacanna air am maitheadh dhuit, no ràdh, Eirich, agus imich?" *Luc.* v. 23. Whether is it easier to say, Thy sins be forgiven thee, or to say, Rise and walk? Utrum est facilius dicere, Remissa sunt tua peccata tibi; aut dicere, Surge, et ambula.

Usachd, *s. f. ind.* (Usadh), Easiness, facility: facilitas. *C. S.*

Usad, -aid, *s. m.* (Usa), Easiness, degree of easiness: facilitas, facilitatis gradus. *C. S.*

Ùsgaidh, -e, *adj.* (Uisge). 1. Watery, moist: humidus, madidus, uvidus. *C. S.* 2. Clammy, greasy: glutinosus, vel pinguis. *C. S.*

Ùsgaidheachd, *s. f. ind.* (Ùsgaidh). 1. Wateriness, moistness: humor, rei natura madida. *C. S.* 2. Clamminess, or greasiness: glutinosa rei natura, vel pinguedo ingrata. *C. S.*

Usgar, -air, et Usgrach, -an, et -graichean, *s. m.* 1. A jewel, any ornament: gemma, ornamentum, sensu generali. Mar *usgair* de 'n òr fhìorghlan." *Gnà.* xxv. 12. As an ornament of fine gold. Sicut ornamentum auri perpuri. "Usgarbràghaid." *C. S.* A neck-lace: monile. "Usgarlàimhe." *C. S.* A bracelet: armilla. 2. A bell on liquor: globulus in liquoris superficie. *A. Macdon.* 80.

Usgarach, -aiche, *adj.* (Usgar), Ornamented with laces, or jewels: gemmis ornatus. *C. S.*

Usgaraiche, -ean, *s. m.* (Usgar). A jeweller: gemmarum compositor, vel venditor. *C. S.*

Usgrach, **Usgraichean**, } *gen.* et *pl.* of Usgar, q. vide.

Uspag, -aig, -an, *s. f.* 1. A push: impetus. *C. S.* 2. A pang, a throe: impetus, dolor, angor. *O'R.* et *C. S.*

Uspagach, -aiche, *adj.* (Uspag). 1. Pushing, that pushes: impetum faciens, impellens. *C. S.* 2. Causing pangs, or pains: angores afferens. *C. S.*

Uspair, -e, -ean, *s. m.* An ugly, or lumpish fellow: hebes, deformis quis. *Provin.*

Uspairn, -e, *s. f.* Contention, strife, a struggle: contentio, disceptatio, certamen. *Macf. V.* et *Llh.*

Uspairneach, -eiche, *adj.* (Uspairn), Striving, struggling, contentious: disceptans, contentiosus. *C. S.*

Uspairneachd, *s. f. ind.* (Uspairneach), A struggling, a contending: disceptatio. *Macf. V.* et *Llh.*

Uspairt, -e, *s. f.* *C. S.* Id. q. Uspairn.

Uspan, -ain, *s. m.* A shapeless mass, an uncouth lump: rudis indigestaque moles. *Macf. V.* et *C. S.*

Ut! ut! *interj.* of disapprobation, or dislike: vox quâ significatur aversio, vel fastidium. *C. S.*

Utag, -aig, -an, *s. f.* Strife, confusion, outrage: lis, turba, furor. *Macf. V.*

Utagach, -aiche, *adj.* (Utag), Confused, clamorous, noisy: turbatus, clamans, rixosus. *Macf. V.*

Utagachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Utagaich. Pushing, act of pushing, jostling, or raising a tumult: impellendi, trudendi, tumultuandi actus. *C. S.*

Utagaich, -idh, dh, *v. a.* (Utag), Push, jostle, raise a tumult: impelle, trude, tumultum excita. *C. S.*

Ùtan, -ain, -an, *s. m.* A knuckle: condylus. *O'R.* et *C. S.*

Ùtarrais, -e, -ean, *s. f.* *C. S.* Vide Ùtrais.

Ùth, -a, -an, et -annan, *s. m.* An udder: uber, mamma. *C. S.* *Germ.* Euter. *A. Sax.* Uder. *Gr.* Οὖθαρ.

Ùthach, -aiche, *adj.* (Ùth), Uddered: uber habens. *C. S.*

Uthard, *adv.* Above, up, above there, above yonder: suprà, suprà illic. *C. S.*

Ùtlaich, -e, -ean, *s. m.* *C. S.* Vide Ùdlaiche.

Ùtlaidh, -e, *adj.* *C. S.* Vide Ùdlaidh.

Ùtraid, -e, -ean, *s. f.* *C. S.* Vide Udrathad.

Ùtrais. 1. A confused, or mixed heap, or mass of any thing: acervus confusus vel commistus. *C. S.* 2. Molestation, annoyance: molestia. *C. S.* 3. Restlessness, a fidgeting: inquietas, inquietudo. *C. S.* et *Macf. V.* *Wel.* Wttres. *Dav.*

Ùtraiseach, -eiche, *adj.* (Ùtrais). 1. Confused, disordered: confusus, turbatus. *C. S.* 2. Troublesome, vexatious, annoying: molestiam afferens. *C. S.* 3. Fidgeting, uneasy, restless: inquietus. *C. S.*

Ùtraiseachd, *s. f. ind.* (Ùtraiseach). 1. Confusion, confusedness: rerum confusio. *C. S.* 2. Troublesomeness: molestia. *C. S.* 3. Uneasiness, restlessness: inquietudo. *C. S.*

GAELIC DICTIONARY.

PART II.

ANGLO-GAELIC.

DICTIONARIUM

SCOTO-CELTICUM.

ANGLO-GAELIC.

A, 1. The indefinite article *a*, or *an*, in English, is marked generally in Gaelic merely by the absence of the definite article; as, I saw *a* man: chunnaic mi duine. But after substantive verbs, in all their moods, tenses and persons, there are placed before the substantive following them, the preposition "ann," in its contracted forms, with the possessive pronoun answering to the person of the verb: thus, "I was a father to the poor." "Bha mi *a' m'* athair do na bochdaibh." Placed before a participle, or participial noun: a', ag. He is *a*-coming: tha e *a'* teachd. He went *a*-hunting: chaidh e a shealg. 2. Denoting the proportion of one thing to another: am, an, *art.* 's a'. They had six arrows *a*-man: bha sè saighead *an* neach aca; or, bha sè saighead *am* fear aca. I have that much *a*-year: tha 'n uiread sin agam *'s a'* bhliadhna. 3. In composition, as aside: *a.* He went aside: chaidh e *a* thaobh.

Aaronical, *adj.* A bhuineadh do Aaron. The Aaronical priesthood: sagartachd Aaroin.

Abacist, *s.* Uibhreachan, fear-cunntais.

Aback, *adv.* 1. Backwards: o chùl, an coinneamh a chùil. 2. a sea-term: air ais, air t' ais, o chùl.

Aback, *s.* Clach-mhullaich.

Abactor, *s.* Gaduiche, gaduiche-spréidhe, no-chaorach, creachadair; *pl.* Luchd-creachaidh.

Abacus, *s.* 1. A counting-table: clàr-cunntais. 2. in architecture: clach-mhullaich.

Abaft, *adv.* Dh'ionnsuidh an deiridh, mu 'n deireadh. Abaft the mast: air cùl a' chroinn.

Abaisance, *s.* Ùmhlachd, beic.

Abalienate, *v. a.* 1. To make that another's which was our own before: thoir thairis do chòir do neach eile. 2. estrange, withdraw the affections: cuir an sgeun, fògair, ruaig.

Abalienation, *s.* A' cur an sgeun, a' fogradh, a' ruagadh.

Aband, *v.* See Abandon.

Abandon, *v. a.* 1. Give up, resign, quit: thoir thairis do, cuir cùl ri, fàg, dìobair, leig dhiot. 2. desert, forsake: tréig, cuir cùl ri. 3. drive away, banish: fògair, ruaig.

Abandon, *s.* A forsaker: neach a thréig ni no neach eile.

Abandoned, *part.* Tréigte, fàgta, air a thréigsinn, air fhàgail.

Abandoner, *s.* Fear-tréigsinn, fear-cùl-chur.

Abandonment, *s.* Tréigsinn, tréigsinneachd, tréigeadh, dealachadh, cùl-chur.

Abare, *v. a.* Rùisg, leig ris.

Abarticulation, *s.* Deadh cheangal nan alt 's nan cnàmh r' a chéile.

Abase, *v. a.* 1. Depress, lower: ìslich, leag, cuir sìos. 2. cast down, depress, bring low: irioslaich, ìslich, leag sìos.

Abasement, *s.* Ìsleachadh, irioslachadh, leagail sìos, eas-urram, tàir, suarachas.

Abash, *v. a.* Make ashamed: nàirich, cuir gu h-amhluadh, athaich, cuir nàir air.

Abashment, *s.* 1. State of being abased: ìsleachadh, beagachadh, ìsleachd, eas-urram, tàir, suarachas, nàire. 2. cause of confusion, or shame, aobhar nàire, masladh, tàmailt.

Abate, *v. a.* et *n.* 1. Lessen, diminish: lughdaich, beagaich, ìslich. 2. deject, depress the mind: leag, leag sios, cuir mulad air. 3. let down the price: lughdaich, thoir lughdachadh. 4. *n.* grow less: rach an lughad, ciùinich, fàs ciùin, sìolaidh.

Abatement, *s.* 1. Act of lessening: lughdachadh, beagachadh, ìsleachadh. 2. sum or quantity taken away: lughdachadh, leigeil sìos, beagachadh.

Abater, *s.* Aobhar-lughdachaidh, fear lughdachaidh, aobhar-ìsleachaidh, fear-ìsleachaidh.

Abator, *s.* Sealbhadair gun chòir dhligheach air oighreachd neach eile a chaochail.

Abature, *s.* Am feur a leagas damh-féidh 'n a shiubhal.

Abb, *s.* An snàth air beart-deilbh figheadaire.

Abba, *s.* Athair, (focal Eabhruidheach).

2 I 2

Abbacy, *s.* Fearann, sealbh, no sochairean eile a bhuineas a dh'aba, no do cheannard tigh-mhanach.

Abbatial, *adj.* A bhuineas do dh' abaid, no do thigh-mhanach.

Abbess, *s.* Ban-aba, bean-riaghlaidh comuinn chaill-eacha dubha.

Abbey, } *s.* Abaid, tigh-mhanach, cill-mhanach, tigh-
Abby, } cràbhaidh, tigh, no cill chailleacha dubha.

Abbey-lubber, *s.* Leisgean-abaide, lunndair an tigh-cràbhaidh.

Abbotship, *s.* Dreuchd aba.

Abbreviate, *v. a.* 1. Abridge, contract: lugh-daich, giorraich, aithghiorraich, cuir an lughad. 2. Shorten, cut short: giorraich, geàrr air falbh, bris, brist.

Abbreviate, *s.* Giorrachadh.

Abbreviation, *s.* Giorrachadh, lughdachadh, aith-ghiarrachadh, gearradh.

Abbreviator, *s.* Giorradair, fear-giorrachaidh.

Abbreviatory, *adj.* Aig am bheil comas giorrach-aidh.

Abbreviature, *s.* 1. A mark used for shortening, or abridging: comhara giorrachaidh. 2. a com-pendium, or abridgement: giorrachadh, sùim aith-ghearr, mion-chruth.

Abby, *s.* See Abbey.

A, B, C. 1. The alphabet: an aibidil. 2. the little book by which children are first taught: ceud leabhar na cloinne.

Abdicant, *adj.* A thréigeas a chòir féin, no a dhreuchd féin.

Abdicate, *v. a.* 1. Give up a right: leig dhiot do chòir, thoir thairis do chòir. 2. lay down an of-fice: leig dhiot do dhreuchd, tréig do dhreuchd, thoir thairis do dhreuchd. 3. deprive of right: cuir o 'dhreuchd, fògair o 'chòir; cuir á 'àite, no, á 'inbhe.

Abdication, *s.* 1. Act of abdicating, resignation: dìobradh còrach, toirt thairis còrach, no dreuchd, leigeil sìos còrach, no dreuchd; fàgail ionaid, no dreuchd, no còrach. 2. act of renouncing any thing: leigeil dheth, toirt suas, toirt thairis, fàgail, tréigsinn ni air bith. 3. deprivation, rejection: fògradh, cur air falbh, diùltadh.

Abdicative, *adj.* A bheir air neach 'ionad, a dhreuchd, no a chòir a thréigsinn, fhàgail, no thoirt thairis.

Abditive, *adj.* Aig am bheil comas ni a cheiltinn, no chleith, no fholach.

Abditory, *s.* Ionad foluich.

Abdomen, *s.* Ìochdair a' chuirp, ionad na bronn, lag a' mhionaich.

Abdominal, } *adj.* A bhuineas do 'n bhroinn, no do
Abdominous, } lag a' mhionaich.

Abduce, *v. a.* Thoir air falbh, tarruing air falbh, thoir as a chéile, tarruing o chéile.

Abducent, *adj.* A thàirngeas no bheir air falbh, o chéile, no air ais.

Abduction, *s.* Toirt air falbh, tarruing air falbh, no, o chéile, treòrachadh air falbh.

Abductor, } *s.* Na fèithean a thàirngeas buill a'
Abductors, } chuirp air an ais.

Abear, *v. a.* Giùlain, iomchair thu féi

Abearance, *s.* Giùlan, iomchar.

Abecedarian, *s.* Fear-teagaisg, no foghlumaiche na h-aibidil.

Abecedary, *adj.* A bhuineas do 'n aibidil.

Abed, *adv.* 1. In bed: anns an leabaidh, 's an leabaidh, air leabaidh. 2. to bed: do 'n leab-aidh.

Aberrance, } *s.* Seachran on t-slighe cheart, mear-
Aberrancy, } achd, iomrall.

Aberrant, *adj.* Seachranach, a' dol mearachd, mear-achdach, iomrallach.

Aberration, *s.* Vide Aberrance.

Aberring, *part.* A' dol mearachd.

Aberruncate, *v. a.* Buain, no spìon as a fhreumh, thoir á bun.

Abet, *v. a.* Brosnuich, cuidich, co-oibrich, aontaich le, thoir cuideachadh.

Abet, } *s.* Brosnuchadh, cuideachadh, co-oib-
Abetment, } reachadh, aontachadh.

Abetter, } *s.* Fear-brosnachaidh, cuideachaidh, co-
Abettor, } oibreachaidh; fear-cùl-taice.

Abeyance, *s.* Dlighe laghail àraidh, cor an fhearainn sin aig nach 'eil sealbhadair 's a' cheart àm.

Abgregate, *v. a.* Thoir a mach as an treud, deal-aich o 'n treud, tearb.

Abgregation, *s.* Toirt a mach as, no dealachadh o 'n treud, tearbadh.

Abhor, *v. a.* 1. Hate with acrimony, loath, abomi-nate: sgreataich roimh, oilltich, geur-fhuathaich. 2. disdain, neglect: dean dì-meas air, dean tàir, cuir an neo-bhrigh.

Abhorrence, } *s.* Sgreamh, dubh-ghràin, sgreat-
Abhorrency, } achd, fuath, geur-fhuathachadh, daoch.

Abhorrent, *adj.* 1. Struck with abhorrence, loath-ing: a dh'gheur-fhuathaicheas, a ghabhas dubh-ghràin, no sgreatachd. 2. causing abhorrence: fuathach, oillteil, dubh-ghràineil, sgreamhail, sgreat-aidh, daochail. 3. contrary to, inconsistent with: an aghaidh càile, neo-fhreagarrach, neo-thaitneach, mi-chiatfach.

Abhorrently, *adv.* Gu sgreataidh, gu sgreamhail, gu dubh-ghràineil, gu daochail.

Abhorrer, *s.* Fear-fuathachaidh, fuathadair, neach a ghabhas dubh-ghràin, oillt, no sgreamh.

Abhorring, *s.* Geur-fhuathachadh, gabhail sgreat-achd, no sgreamha.

Abide, *v. a.* et *n.* 1. Wait for, expect, await: feith air, fuirich ri, fan ri. 2. bear, support the con-sequence: giùlain. 3. bear, without being con-quered: giùlain, seas ri, seas fuidh, seas an agh-aidh. 4. bear, without aversion: giùlain le, dean foighidin ri. 5. bear, or suffer: fuiling. 6. re-main, be immoveable: fan, tàmh, seas, na gluais, na caruich. 7. continue in the same state: seas, mair, tàmh, gabh fois. 8. dwell, dwell in a place: còmhnuich, fan, fuirich, dèan tàmh, gabh fois, foisich.

Abider, *s.* Fear-tàimh, fear-còmhnuidh, tàmhadair.

Abiding, *s.* Fuireach, fantuinn, tàmh, còmhnuidh, mairsinn, fulang, giùlan, seasamh. See Abide.

Abject, *adj.* Mìothar, suarach, dìmeasach, tarcuiseach, dìblidh, ainniseach, truagh, tràilleil.
Abject, *s.* Duine gun dòchas, gun mheas, gun earbsa, truaghan.
Abject, *v. a.* 1. Throw away: tilg air falbh, tilg a mach, cuir air falbh. 2. throw or cast down: tilg sìos, leag sìos, ìslich.
Abjectedness, *s.* Suarachas, dìmeas, tarcuiseachd, tàirealachd, bochduinn, ainniseachd.
Abjection, *s.* Mìotharachd aignidh, no inntinn, suarachas, tràillealachd, ainniseachd, bochduinn.
Abjectly, *adv.* Gu suarach, gu mìothar. See Abject.
Abjectness, *s.* See Abjectedness.
Abiliment, *s.* See Habiliment.
Ability, *s.* 1. Power to do any thing: comas, cumhachd, neart, treis, treise, clìth, spionnadh. 2. mental power: comas, neart, buadh, innleachd, ceud-fàth.
Abintestate, *adj.* Focal 's an lagh: aig am bheil còir air oighreachd no dìleab a dh'easbhuidh tiomnaidh.
Abjudicated, *part. adj.* Air a thoirt le breith, o aon neach do ńeach eile.
Abjudication, *s.* Diùltadh.
Abjugate, *v. a.* Fuasgail, saor, dealuich, thoir o chuing.
Abjuration, *s.* Mionnachadh nach dèanar ni àraidh. See Abjure.
Abjure, *v. a.* 1. Swear not to do, or not to have something: mionnaich an aghaidh ni-eigin. 2. retract, recant, abnegate a position upon oath: cùl-mhionnaich, àicheadh air do mhionnaibh. 3. banish: fògair.
Abjurement, *s.* See Abjuration.
Abjurer, *s.* Neach a chùl-mhionnaicheas.
Ablactate, *v. a.* Cuir bhàrr na cìche.
Ablactation, *s.* 1. Act of weaning: cur bhàrr na cìche. 2. a certain method of ingrafting: seòl àraidh suidheachaidh fhiùran an stoc craoibh eile, chum fàs.
Ablaqueation, *s.* Fosgladh an talmhainn mu bhun craoibhe.
Ablation, *s.* Toirt air falbh.
Ablative, *adj.* A bheir air falbh, diòbhalach, uaitheantach.
Able, *adj.* 1. Having great powers of mind, body, or circumstances: comasach, murrach, cumhachdach, làidir, foghainteach, urrainneach. 2. fit, proper: iomchuidh, comasach, foghainteach air. I am not able: cha'n urrainn mi. I am able: 's urrainn mi.
Able, *v. a.* See Enable.
Able-bodied, *adj.* Corp-làidir, taiceil, foghainteach, neartmhor, fallain, slàn.
Ablegate, *v. a.* Cuir air theachdaireachd.
Ablegation, *s.* Cur air theachdaireachd.
Ableness, *s.* Comas, cumhachd, treòir, murrachas, treis, foghainteachd; neartmhorachd.
Ablepsy, *s.* Doille, cion-fradhairc, dalladh.
Abliguritiox, *s.* Struidhealachd ann am biadh 's an deoch.
Ablioate, *v. a.* Ceangail suas.
Ablocate, *v. a.* Suidhich, no leig a mach, air mhàl, no air phàidheadh.
Ablocation, *s.* leigeil a mach air mhàl, no air phàidheadh.
Ablude, *v. n.* Bi mi-chosmhuil ŕi; bi air t' eadardhealachadh an coslas.
Abluent, *adj.* A ghlanas, ionnladach, aig am bheil cumhachd glanaidh.
Ablution, *s.* Glanadh, ionnlad, nigheadh, fiorghlanadh, saoradh o ńeo-ghloine, no o chiont.
Ably, *adv.* Gu comasach. See Able.
Abnegate, *v. a.* Àicheadh, freitich, diùlt air do mhionnaibh, cùlaich.
Abnegation, *s.* Àicheadh, freiteachadh, cùlachadh.
Abnegator, *s.* Neach a dh' àicheadhas, a dhiùltas, no, a chùlaicheas.
Abnodation, *s.* Sgathadh àraidh a nithear air craobhaibh.
Abnormity, *s.* Mi-ŕiaghailt, neo-àbhaisteachd, michumadh, mi-dhreach.
Aboard, *adv.* Air bòrd, air bòrd luinge, air sàl, air bàta, 's an long, 's a' bhàta, air uachdar.
Aboard, *prep.* Aig, air, os ceann
Abodance, *s.* See Omen.
Abode, *s.* 1. A habitation: tàmh, còmhnuidh, ionad-tàimh, ionad-còmhnuidh, tigh, teach, aitreabh, àros, dachaidh. 2. stay, continuance in a place: tàmh, fuireach, còmhnuidh, stad.
Abode, *v. a. & n.* See Bode.
Abodement, *s.* See Prognostication.
Aboding, *s.* See Boding.
Abolete, *adj.* See Obsolete.
Abolish, *v. a.* 1. Annul, make void: sgaoil, atharraich, bris. 2. put an end to, destroy: sgrios, dubh a mach, cuir as do, cuir air cùl, cuir mu làr, dìthich.
Abolishable, *adj.* A dh' fheudar a chur as, a sgaoileadh, a bhriseadh, no a sgrios.
Abolisher, *s.* Milltear, sgriosadair, fear-millidh, fear-sgaoilidh cheangaltas.
Abolishing, Abolishment, Abolition, } *s.* Sgaoileadh, atharrachadh, briseadh, sgrios, dubhadh a mach, cur air cùl, dìtheachadh.
Abominable, *adj.* 1. Hateful, detestable: gràineil, fuathmhor, sgreamhail, sgreataidh, oillteil, déistinneach. 2. unclean: salach, truaillidh, grànda, breun.
Abominableness, *s.* Gràinealachd, fuathmhorachd, sgreamhalachd, oilltealachd, sgreatachd, sal, neoghloine, truaillidheachd.
Abominably, *adv.* Gu gràineil. See Abominable.
Abominate, *v. a.* Geur-fhuathaich tur-fhuathaich, oilltich, gabh dubh-ghràin.
Abomination, *s.* 1. Hatred, detestation: fuath, gràin, dubh-ghràin, sgreamh, daoch. 2. the object of detestation: gràinealachd, culaidh-ghràin, sgreamh, sgreamhalachd. 3. pollution, defilement: salchair, truaillidheachd, neo-ghloine, breunachd. 4. wickedness, hateful or shameful vice: gràinealachd, sgreamhalachd, uamharrachd, coirbteachd.

ABORD, *s.* Fàilte, ùmhlachd.
ABORD, *v. a.* Teann am fagus, thig am fagus.
ABORIGINAL, *adj.* A bh' ann o thùs, a bhuineas do 'n phrìomh-mhuinntir.
ABORIGINES, *s.* Prìomh-mhuinntir, ceud luchd-àiteachaidh dùthcha, no tìre, tùsanaich, aithrichean na tìre.
ABORSEMENT, *s.* See Abortion.
ABORT, *v. a.* Beir ṙoimh 'n àm.
ABORT, *s.* See Abortion.
ABORTION, *s.* 1. Act of bringing forth untimely: breith ṙoimh 'n àm. 2. the produce of an untimely birth: breith anabuich, torrachas anabuich, ni a thig ṙoimh làimh, faoin-bhreith.
ABORTIVE, *adj.* Anabuich, neo-nitheach, diòbhaileach, a thig ṙoimh 'n àm, a theid gu neo-ṅi, gun toradh, neo-tharbhach.
ABORTIVE, *s.* See Abortion.
ABORTIVELY, *adv.* Gu h-anabuich. See Abortive.
ABORTIVENESS, *s.* Cor ṅi a bheirear ṙoimh 'n àm, neo-tharbhachd.
ABORTMENT, *s.* Ni a ṙugadh ṙoimh 'n àm.
ABOVE, *prep.* 1. To a higher place, in a higher place: os ceann, suas, shuas. 2. more in quantity, or number: a thuilleadh air, tuilleadh ṅa, tuilleadh is, ni 's mo, thairis air. 3. in a superior degree: os ceann, an uachdair air, thairis air. 4. beyond, more than: a bhàrr air, tuilleadh ṅa.
ABOVE, *adv.* 1. Over head, in a higher place: shuas, uthard, os ceann, gu h-àrd, a suas air, shuas air. 2. in the regions of heaven: shuas, air nèamh. 3. before: ṙoimhe. 4. chief in rank, or power: an uachdar.
ABOVE ALL, Os bàrr, os ceann nan uile ṅi, gu h-àraidh.
ABOVE BOARD, Os ceann bùird, am follais, an sealladh shùl, gu saor, gun cheilg, gun chleas, gun lùb.
ABOVE-CITED, A dh'aimnicheadh ṙoimhe, a thubhradh.
ABOVE GROUND, Am fearann nam beò, an tìr nam beò, os ceann talmhainn.
ABOVE-MENTIONED. See Above-cited.
ABOUND, *v. n.* 1. Be copiously stored, have in great plenty: bi pailt, bi pailt an, or am. He abounded in cattle: bha e pailt an spréidh. 2. be in great plenty: lìonmhoraich, fas lìonmhor, no pailt, bi sìolmhor, bi lìonmhor.
ABOUNDING, *s.* Pailteas, lìonmhoireachd.
ABOUT, *prep.* 1. Round, surrounding: mu, mu chuairt, mu 'n cuairt, mu 'n cuairt air. 2. near to: fagus, fagus air, dlùth air, dlùth ṙi, an gar. 3. concerning, with regard to: mu, mu dhéighinn, a thaobh. 4. engaged in, employed upon: ṙi, mu, ann am, ann an. 5. appendant to a person as clothes: air, mu 'n cuairt air, mu. 6. relating to the person, as a servant: an cois, an lorg, mu thimchioll.
ABOUT, *adv.* 1. Circularly, in a round: an cuairt, gu cruinn, gu timchiollach, gu cuairteil. 2. in circuit, in compass: ceithir thimchioll, mu 'n cuairt. 3. nearly: fagus air. 4. here and there: an so 's an sud, thall 's a bhos, gach taobh. 5 with to, before a verb, about to: air ti, a' dol a', gu. 6. the longest way, in opposition to the short straight way: timchioll. 7. to bring about, or to the state desired: gu crìch, gu buil, gu h-ìre. 8. to come about, to a certain state: gu teachd. 9. to go about: ag iarruidh.
ABRACADABRA, *s.* Gnè ghiseig, a bh' aig daoine o shean, a leighiseadh, a ṙéir am beachd, an crith-ghalar.
ABRADE, *v. a.* Suath dhe, suath air falbh, sgrìob air falbh; caith air falbh a' chuid 's a' chuid.
ABRASION, *s.* 1. Suathadh dhe, suathadh air falbh, sgrìobadh air falbh. 2. the matter worn: an ni a shuathadh dhe, no air falbb.
ABREAST, *adv.* Taobh ṙi taobh, uchd ṙi h-uchd, còmhluath.
ABRENUNCIATION, *s.* Diùltadh, àicheadh, tréigsinn.
ABREPTION, *s.* Tarruing air falbh, toirt air falbh.
ABRICOCK, *s.* See Apricot.
ABRIDGE, *v. a.* See Abbreviate.
ABRIDGED, *part.* Giorraichte, lughdaichte, cuinglichte.
ABRIDGER, *s.* See Abbreviator.
ABRIDGEMENT, *s.* See Abbreviation.
ABROACH, *v. a.* See Broach.
ABROACH, *adv.* Air tì dol a mach, no teachd a mach, no dol mu sgaoil.
ABROAD, *adv.* 1. Without confinement: mu sgaoil. 2. out of the house: a muigh, a mach. 3. in another country: air aineol, an tìr chéin, an tìr thall, gu tìr chéin, do thìr chéin, 4. in all directions: air gach taobh, gu farsuing a mach. 5. without, externally: an leth muigh, an leth mach.
ABROGATE, *v. a.* Cuir lagh air chùl, mùth an lagh, cuir a thaobh, cuir a leth-taobh, cuir as.
ABROOD, *adv.* See Brooding.
ABROOK, *v. a.* See Brook, *v.*
ABRUPT, *adj.* 1. Broken, craggy: cas, creagach, corrach. 2. sudden: obunn, aithghearr, grad. 3. sudden, without preparation: obunn, cabhagach, gun rabhadh, gun uidheamachadh. 4. unconnected: briste, neo-cheangailte.
ABRUPT, *v. a.* See Disturb.
ABRUPTION, *s.* Grad-bhriseadh, grad-sgoltadh, grad-dhealachadh.
ABRUPTLY, *adv.* See Abrupt.
ABRUPTNESS, *s.* Cabhag, obunnachd, caise, corrachas, cabhagachd, bristeachd, neo-cheangaltachd.
ABSCESS, *s.* Neasgaid, at, iongrachadh, màm, balg iongrach.
ABSCIND, *v. a.* Geàrr dheth, geàrr air falbh.
ABSCISS, *s.* See Abscission.
ABSCISSION, *s.* 1. Act of cutting off: gearradh dheth, gearradh air falbh. 2. act of disannulling: cur air cùl. 3. state of being cut off: air a ghearradh dheth.
ABSCOND, *v. a.* et *n.* 1. Hide thyself: foluich thu féin, teich, rach air fògradh, gabh fògradh, thoir an saoghal ort. 2. conceal: foluich, ceil.
ABSCONDER, *s.* Fògarach, fear fuadain, fear air chàrn, fear cùirn.

ABSENCE, *s.* 1. State of being absent, opposed to presence: neo-làthaireachd. 2. inattention, heedlessness: neo-aire, dìth-mothachaidh, neo-shuim, cion-aire.

ABSENT, *adj.* 1. Not present: neo-làthaireach, as an t-sealladh, as an fhianuis. 2. inattentive, regardless of the present object: neo-aireach, neo-dhearcach, smuain-sheachranach, mi-dhearcach, ioma-smuainteach.

ABSENT, *v. a.* Rach o 'n tigh, na d' thig 's an fhianuis, cùildich, thoir as an làthair, ceil thu féin.

ABSENTEE, *s.* Neach gun bhi 's an làthair, neach a ta air falbh o 'dhùthaich, no, o 'thìr féin.

ABSENTER, *s.* Neach a thréigeas a dhreuchd, no a ghnothach féin.

ABSENTMENT, *s.* See Absence, 1.

ABSINTHIAN, *adj.* Air bhlas na burmaide, no air bholadh na burmaide, searbh.

ABSINTHIATED, *part.* Searbhaichte, làn burmaide.

ABSINTHIUM, *s.* Burmaid.

ABSIST, *v. n.* Seas air falbh, seas air t' ais, sguir, leig dhiot.

ABSOLVATORY, *adj.* A loghas, a mhaitheas lochd.

ABSOLVE, *v. a.* 1. Clear, acquit of a crime: saor. 2. set free from an engagement, or promise: cuir saor o, fuasgail o. 3. pronounce sin remitted: logh cionta, maith, saor. 4. finish, complete: crìochnaich, coimhlion, dean iomlan.

ABSOLVER, *s.* Neach a ghabhas air féin peacadh a mhaitheadh.

ABSOLUTE, *adj.* 1. Complete: iomlan. 2. unconditional, as a promise: saor, gun chumha. 3. not relative: dligheach an féin. 4. not limited, as absolute power: neo-cheannsuichte. 5. positive, certain, without hesitation: saor, fuasgailte.

ABSOLUTELY, *adv.* See Absolute.

ABSOLUTENESS, *s.* Iomlanachd, saorsachd, saorsa, dligheachas, neo-cheannsachd, fuasgailteachd, àrd-chumhachd, an-tighearnas.

ABSOLUTION, *s.* 1. Acquittal: saoradh, saorsa. 2. remission of sin: loghadh, maitheanas, saoradh, fuasgladh o. 3. delivery, pronunciation: cur a mach, ùr-labhairt.

ABSOLUTORY, *adj.* A shaoras, a dh' fhuasglas, a mhaitheas.

ABSONANT, *adj.* Contrary to reason: mi-chéillidh, neo-thuigseach, baoth.

ABSONOUS, *adj.* 1. See Absonant. 2. unmusical: mi-fhonnmhor, neo-bhinn.

ABSORB, *v. a.* 1. Swallow up: sluig suas. 2. suck up: deòghail, leig sìos, sùgh, òl a stigh.

ABSORBENT, *adj.* A shluigeas, a dheòghaileas, a leigeas sìos, a shùghas, a dh' òlas a stigh.

ABSORBENT, *s.* Leigheas sùghaidh, leigheas a thiormaicheas leanntaidhean a' chuirp.

ABSORBITION, *s.* See Absorption.

ABSORPT, *part.* Sluigte, sùghta sìos, tiormaichte.

ABSORPTION, *s.* 1. Act of swallowing up: slugadh, sùghadh. 2. state of being absorbed: air a shùghadh.

ABSTAIN, *v. a.* 1. Forbear: seachain, seun, fàg, fan o, fuirich o. 2. deny thyself a gratification: aicheadh dhuit féin, coisg thu féin.

ABSTEMIOUS, *adj.* Stuama, measarra, seachnach air anabarr, neo-ghlutail.

ABSTEMIOUSLY, *adv.* See Abstemious.

ABSTEMIOUSNESS, *s.* Stuaim, measarrachd, stuamachd, féin-àicheadh.

Alien, *v. a.* 1. Make any thing the property of another: dìbrich còir air, thoir a chòir do neach eile, fògair, buin uaith. 2. estrange the mind, or affections: cuir cùl ri, tréig, fàg.
Alienable, *adj.* A dh'fheudar a thoirt do neach eile.
Alienate, *v. a.* 1. Transfer the property of any thing to another: dealaich, thoir air falbh, buin uaithe. 2. withdraw the affections: tréig, tarruing air falbh, cuir cùl ri.
Alienated, *adj.* Dealaichte, sgaraichte, dìobairte.
Alienation, *s.* 1. The act of transferring property: dealachadh, dìobradh, toirt thairis. 2. the state of being alienated: dìobradh. 3. change of affection: tréigeadh. 4. Disorder of the faculties of the mind: dìobradh-céille, mi-chiall.
Alienator, *s.* Fear-toirt thairis ni sam bith.
Aliferous, *adj.* Sgiathach, air am bheil sgiathan.
Aligerous, *adj.* Sgiathach, air am bheil sgiathan.
Alight, *v. a.* 1. Come down and stop: téirinn, thig a nuas, tuirling, thig a bhàn. 2. fall upon: tuit air, thig a nuas air.
Alike, *adv.* Cosmhuil, coslach, amhuil, a réir a chéile.
Aliment, *s.* Lòn, biadh, teachd-an-tìr.
Alimental, *adj.* Biadhar, brìoghmhor, tarbhach chum beathachaidh.
Alimentally, *adv.* Gu biadhar, gu brìoghmhor.
Alimentariness, *s.* Brìoghmhorachd, tarbhachd.
Alimentary, *adj.* 1. That which belongs, or relates to aliment: a dh' àraicheas, a bheathaicheas. 2. that which has the quality of aliment, or the power of nourishing: beathachail, biadhar.
Alimentation, *s.* 1. The power of affording aliment: beathachadh, brìgheachd, àrach. 2. the state of being nourished by assimilation of matter received: cinneachas, sultmhorachd.
Alimony, *s.* Lòn mnà-aonaraich.
Aliquant, *adj.* Còrr-phairteach.
Aliquot, *adj.* Slàn-phairteach.
Alish, *adj.* Leannach, mar leann.
Aliture, *s.* Beathachadh.
Alive, *adj.* 1. In a state of life: beò, làthair. 2. in a figurative sense unextinguished, active: beò, beothail. 3. cheerful: beothail, cridheil, sunndach, suigeartach.

Alkali, *s.* Salann-na-groide; do bhrìgh 's gu'n grod e feòil.
Alkaline, *adj.* Aig am bheil nàdur salainn-na groide.
All, *adj.* 1. All, every one: uile, iomlan, gu léir, na h-uile aon. 2. the whole quantity: uile, gu léir, iomlan. 3. the whole quantity, applied to duration of time: uile, iomlan. 4. the whole extent of place: uile, gu léir, air fad.
All, *adv.* See All, *adj.*
All, *s.* 1. The whole: an t-uile, an t-iomlan. 2. every thing: gach uile, na h-uile aon.
All-abandoned, *adj.* Uile-thréigte.
All-abhorred, *adj.* Uile-fhuathach.
All-changing, *adj.* Uile-chaochluidheach.
All-cheering, *adj.* Uile-bheothachail.
All-comprehensive, *adj.* Uile-thuigsinneach.
All-conquering, *adj.* Uile-bhuadhach.
All-consuming, *adj.* Uile-chaithteach, uile mhilltach.
All-destroying, *adj.* Uile-sgriosach.
All-devouring, *adj.* Uile-sgriosach, uile shluigneach.
All-discovering, *adj.* Uile-fhoillseachail.
All-disgraced, *adj.* Uile-mhasluichte.
All-enlightening, *adj.* Uile-shoillseachail.
All-enraged, *adj.* Uile-chuthaichte.
All-hail, *v. a.* Fàiltich, furanaich, cuir fàilte air.
All-hallow, } *s.* Samhuinn ùr, latha nan uile naomh.
All-hallows, }
All-heal, *s.* Slàn-lus, uil'-ic.
All-knowing, *adj.* Uil'-fhiosrach.
All-powerful, *adj.* Uile-chumhachdach.
All-praised, *adj.* Uile-chliùiteach.
All-ruling, *adj.* Uile-riaghlach.
All-saints-day, *s.* Latha nan uile naomh.
All-seeing, *adj.* Uile-léirsinneach.
All-sufficiency, *s.* Uil'-fhoghainteas.
All-sufficient, *adj.* Uil'-fhoghainteach.
All-sufficient, *s.* An t-uil'-fhoghainteach.
All-triumphing, *adj.* Uile-bhuadhach.
All-wise, *adj.* Uile-ghlic.
Allay, *v. a.* 1. Mix one metal with another for coinage: coimeasg meitealan leaghta, measgaich. 2. join any thing with another, to abate its predominant qualities: lagaich, lughdaich, truaill le coimeasgadh. 3. quiet, repress: ciùinich, baç le coimeasgadh.
Allay, *s.* 1. Baser metal: meiteal shuarach, droch mheiteal. 2. a thing which abates the predominant qualities of another by mixing with it: ni a thruailleas, leagadh sìos gnè le coimeasgadh.
Allayer, *s.* Fear-ciùineachaidh, fear-ìsleachaidh.
Allayment, *s.* Lagachadh, ìsleachadh.
Allegation, *s.* 1. Affirmation, declaration: dearbhachd, daingneachadh, dian-aithris, ràdh. 2. the thing alleged, or affirmed: aithris, ràdh. 3. an excuse, a plea: ràdh, lethsgeul, tagradh.
Allege, *v. a.* 1. Affirm, declare: deimhinnich, dian-abair, daingnich, cuir an céill. 2. plead as an excuse: tagair mar lethsgeul.
Allegeable, *adj.* So-aithriseil.

ALLEGER, *s.* Fear-innsidh, fear-aithris.
ALLEGIANCE, *s.* Ùmhlachd, géillcadh, strìochdadh, dlighe iochdarain do 'n rìgh.
ALLEGIANT, *adj.* See Loyal.
ALLEGORIC, *adj.* Samhlachail, air dòigh samhlaidh.
ALLEGORICAL, *adj.* Samhlachail, air mhodh neo-litireil.
ALLEGORICALLY, *adv.* See Allegorical.
ALLEGORICALNESS, *s.* Samhlachas.
ALLEGORIST, *s.* Fear-sgrìobhaidh shamhlachan.
ALLEGORIZE, *v. n.* Samhlaich, cleachd cosamhlachd.
ALLEGORIZER, *s.* See Allegorist.
ALLEGORY, *s.* Samhladh, cosamhlachd.
ALLELUJAH, *s.* Alelluia, Cliù do Dhia.
ALLEVIATE, *v. a.* 1. Make light, ease: eutromaich, lughdaich. 2. extenuate, or soften: lughdaich, maothaich, lagaich.
ALLEVIATION, *s.* 1. The act of making light, extenuating: eutromachadh, lughdachadh, lagachadh, casgadh. 2. the cause of easing, or extenuating: ni a dh'eutromaicheas, no, a lughdaicheas.
ALLEVIATIVE, *s.* Comh-fhurtair, plàst-maothachaidh.
ALLEY, *s.* 1. A walk in a garden: rathad aimh-leathann, ceum cumhang. 2. a passage in towns, narrower than a street: sràid-chumhang.
ALLIANCE, *s.* 1. Connection by confederacy: coi-cheangal, cùmhnant, càirdeas. 2. relation by marriage: cleamhnas. 3. by any form of kindred: dàimh, càirdeas, dìlseachd. 4. the act of contracting relation to another: ceanngal-bainne. 5. the persons allied to each other: càirdean, luchd-co-bhoinn, luchd-cùmhnaint.
ALLIANT, *s.* Caraid, companach.
ALLICIENCY, *s.* Tarruing, cumhachd-tarruing 'n a dhéigh.
ALLICIENT, *s.* Fear-tarruing.
ALLIGATE, *v. a.* Ceangail, snaidhm r' a chéile.
ALLIGATION, *s.* 1. The act of tying together: snaidhmeadh, snaidhm. 2. a certain rule in arithmetic: an riaghailt shnaidhmeach, dòigh-cunntais leis am faighear a mach luach nithean coi-measgta.
ALLIGATOR, *s.* An lonach-shligneach, uile-bheist àraidh uisge, an dùthchaibh teth.
ALLIGATURE, *s.* Ceanglachan, lùbag.
ALLISION, *s.* Comh-bhualadh.
ALLITERATION, *s.* Sruth-fhocal.
ALLITERATIVE, *adj.* Aon-litreachail, co-litreachail.
ALLOCATION, *s.* 1. The act of putting one thing to another: cur r'a chéile, co-chur. 2. admission of any thing to another: co-chàireadh.
ALLOCUTION, *s.* Labhairt, còmhradh, comh-labhairt.
ALLODIAL, *adj.* Saor o chìs fearainn.
ALLODIUM, *s.* Fearann saor o chìs 's am bith, saor-sheilbh fearainn.
ALLONGE, *s.* Siaradh, sàthadh.
ALLOO, *v. a.* Leig, stuig.
ALLOQUY, *s.* Còmhradh, labhairt, conaltradh.
ALLOT, *v. a.* 1. Distribute by lot: roinn le crann, thoir cuid-crannchuir do. 2. grant: thoir, deònaich. 3. distribute, parcel out: roinn, pàirtich, tomhais a mach.
ALLOTMENT, *s.* 1. That which is allotted to any one: roinn, cuibhrionn, earrann. 2. part appropriated: crannchur, earrann, cuid.
ALLOTTERY, *s.* Cuibhrionn, cuid, earrann, cuid-crannchuir.
ALLOW, *v. a.* 1. Admit, not oppose: leig le, ceadaich, aontaich. 2. maintain as right: leig le, ceadaich, na bac, seas, tagair. 3. grant, yield: ceadaich, deònaich, géill. 4. grant licence, permit: tabhair comas do, deònaich, ceadaich. 5. give sanction to: ceadaich, thabhair comas do. 6. give to, pay to: ìoc, thabhair seachad. 7. appoint for: thabhair, sònruich, suidhich. 8. make abatement, or provision, with concessions regarding something else: leig le, ceadaich.
ALLOWABLE, *adj.* 1. Admissible: ceadaichte. 2. permitted, lawful: laghail, ceart, dligheach.
ALLOWABLENESS, *s.* Ceadachd, comasachd, laghaileachd, ceartachd.
ALLOWABLY, *adv.* See Allowable.
ALLOWANCE, *s.* 1. Admission, without contradiction: cead, comas, saorsa. 2. sanction, licence, authority: comas, cead, ùghdarras. 3. permission, freedom from restraint: cead, saorsa gun bhacadh. 4. settled rate, or appointment for any use: cuibhrionn, cuid. 5. abatement from the rigour of certain established laws: caomhnadh, leigeadh seachad. 6. established character, reputation: fiùghantachd, teisteas, cliù.
ALLOY, *s.* See Allay.
ALLUBESCENCY, *s.* Toileachas, deònachas.
ALLUDE, *v. n.* Ciallaich, tuig le.
ALLURE, *v. a.* Meall, tàlaidh, breug, tarruing ort, glac gu seòlta, buair.
ALLURE, *s.* Foill-ghlacadh, ribe.
ALLUREMENT, *s.* Mealladh, tàladh, breugadh, buaireadh.
ALLURER, *s.* Mealltair, fear-tàlaidh, buaireadair.
ALLURING, *s.* Mealladh, tàladh, ribeachas.
ALLURINGLY, *adv.* Gu foilleil, gu cluaintearach.
ALLURINGNESS, *s.* Foillealachd, mealltaireachd, cluainthearbadh.
ALLUSION, *s.* Sanas, ion-shamhlachadh, sùil, sealladh ri.
ALLUSIVE, *adj.* Sanasach, sanasail, co-shamhlach.
ALLUSIVELY, *adv.* See Allusive.
ALLUSIVENESS, *s.* Co-shàmhlachadh, tuigsinn le.
ALLUVION, *s.* 1. The carrying of any thing to something else by the motion of water: giùlan le sruth, sruth-ioman. 2. the thing carried by water to something else: salchar-srutha, cobhartachd-srutha.
ALLUVIOUS, *adj.* Sruth-ghiùlainte.
ALLY, *v. a.* 1. Unite by kindred, friendship or confederacy: coimh-cheangail, dean cleamhnas ri, dean càirdeas ri. 2. make a resemblance between two things by similitude, or any other way: dean aon-inntinneach, aonaich, dlùthaich an càirdeas.
ALLY, *s.* Caraid, companach, fear-cleamhnais.
ALMANACK, *s.* Miosachan, uibhreachan-ùine.
ALMANACK-MAKER, *s.* Fear-sgrìobhaidh mhiosachan.
ALMIGHTINESS, *s.* Cumhachd neo-chrìochnach, uile-chumhachd.

Almighty, *adj.* Uile-chumhachdach.
Almond, *s.* Cnò-almoin.
Almond-tree, *s.* Craobh-almoin.
Almonds of the throat or **tongue**, *s.* Fàireagam bun na teanga.
Almoner, or **Almner**, *s.* Déircear an righ, fear-roinn dhéircean.
Almonry, *s.* Ionad-tàimh déirceir an righ; tigh-taisg dhéircean.
Almost, *adv.* Gu h-inbhe bhig, beag nach, gann nach, theab, uil' ach beag, cha mhòr nach.
Alms, *s.* Déirc, déircean.
Alms-basket, *s.* Bascaid dhéircean.
Alms-deed, *s.* Déirc, oircheas, tabhartas-truacanta.
Alms-folk, *s.* Muinntir-dhéirceil, luchd-thabhairt dhéircean.
Alms-giver, *s.* Déircear, tabhartair-dhéircean, no, oircheis.
Alms-giving, *s.* Oircheas, buileachadh-dhéirc; tabhairt-dhéircean.
Alms-house, *s.* Tigh-dhéirc, tigh-bhochd.
Alms-man, *s.* 1. A man who lives upon alms: diol-déirc, fear-ainnis, culaidh-oircheis. 2. he who gives alms: déircear, tabhartair-dhéircean.
Alms-people, *s.* Luchd-déirce, muinntir tigh-bhochd.
Alnagar, **Alnager**, **Alneger**, *s.* Fear-tomhais le slat, fear-dearbhaidh shlatan tomhais am margadh.
Alnage, *s.* Slat-thomhais, tomhas-slaite.
Aloes, *s.* 1. Precious wood used in the East for perfumes: àlos, fiodh cùbhraidh. 2. a tree which grows in hot countries: craobh-àlois. 3. medicinal juice made of the leaves of the common aloes tree: àlos, deoch-codail.
Aloft, *adv.* 1. On high: gu h-àrd, an àirde, shuas. 2. sea-term, as all hands *aloft:* an-àirde.
Aloft, *prep.* Os-ceann, àrd os-ceann.
Alone, *adj.* 1. Without another: 'n a aonar, aonar, aonarach, aonaranach, leis-féin. 2. without company: 'n a aonar, gun chuideachd. 3. without an equal: aonar, gun-choimeas. 4. only: a mhàin, 'n a aonar.
Alone, *adv.* 1. Let alone: leis féin. 2. forbear, leave undone: dhiot.
Alonely, *adv.* Gu h-aonarach, gu h-aon fhillte.
Aloneness, *s.* Aonaranachd.
Along, *adv.* 1. At length: air fad. 2. through any space: tre, air fhad. 3. throughout with *all* prefixed: uile tre, uil' air fhad. 4. in company with, joined with: maille ri, comh-la, le. 5. with, *with* understood: air aghaidh, maille ri. 6. forward, onward: air aghairt, air aghaidh.
Along-side, *adv.* Ri taobh na luinge.
Alongst, *adv.* Air fhad, ri fhad.
Aloof, *adv.* 1. At a distance, but not out of view: tacan as, greis air falbh. 2. applied to persons, it often insinuates caution and circumspection: tacan air ais, air falbh, uaithe. 3. *fig.* cunningness in keeping the question at a distance: air falbh, uaithe, asdar o 'n chùis. 4. metaphorically, denoting persons who will not be seen in a design: am folach, á scalladh, an cleith. 5. applied to things which pertain not to one another: gun ghnothuch ri, gun aire ris, air leth uaithe.
Aloud, *adv.* See Loud.
Alp, *s.* Sliabh Alpa, beinn Alpa.
Alpine, *adj.* 1. Relating to the Alps: a bhuineas do shliabh Alpa, Ailpeach. 2. high in a general sense: mòinteachail, àrd mar Alpa. 3. denoting a kind of straw-berry: sùbhag-lair Ailpeach, oighreag.
Alpha, *s.* A' cheud litir de 'n aibideil Ghreugach, an ceud ni, an tùs, an toiseach.
Alphabet. Aibideil.
Alphabetarian, *s.* Foghlumaiche na h-aibidil.
Alphabetic, } *adj.* Aibidileach, a réir suidheachaidh na h-aibidil.
Alphabetical, }
Alphabetically, *adv.* See Alphabetical.
Already, *adv.* Cheana, mar-thà.
Also, *adv.* 1. In the same manner, likewise: mar an ceudna, fòs, cuideachd, maraon. 2. nearly the same with *and:* agus, cuideachd, os bàrr.
Altar, *s.* 1. The place where offerings are laid: altair, leac-ìobairt, crom-leac. 2. communion-table in churches: altair.
Altarage, *s.* Dlighe-altarach, duais fir-altarach.
Altar-cloth, *s.* Brat-altarach.
Altar-piece, *s.* Dealbh o's ceann altarach.
Altar-wise, *adv.* Mar altair, a réir coslais altarach.
Alter, *v. a.* et *n.* 1. Change, make otherwise than it is: atharraich, mùth, caochail, tionndaidh. 2 take off from a persuasion, practice, or sect: mùth, atharraich barail, tionndaidh, iompaich. 3. become otherwise than before: mùth, atharraich, caochail.
Alterable, *adj.* Mùthalach, iomlaideach, caochluidheach, a dh' fhaodar atharrachadh, so-thionndaidh.
Alterableness, *s.* Caochluidheachd, mùthalachd.
Alterably, *adv.* See Alterable.
Alterage, *s.* Àrach, macaladh, altrum.
Alterant, *adj.* A ǹi atharrachadh, a chaochlaidheas.
Alteration, *s.* 1. The act of altering or changing: atharrachadh, mùthadh, tionndadh. 2. the change made: caochladh mùthadh, tionndadh, atharrachadh.
Alterative, *s.* Iocshlaint-mhùthaidh, iocshlaint a ghlanas an fhuil.
Alterative, *adj.* Caochluidheach, iomlaideach, buadhach chum mùthaidh.
Altercate, *v. n.* Connsaich, troid, dean connspoid.
Altercation, *s.* Connsachadh, connspoid, trod, tuaireip, tuasaid, comh-strì.
Altern, *adj.* See Alternate, *adj.*
Alternacy, *s.* Gnìomh a ǹìthear mu seach.
Alternal, *adj.* Air mhùthadh dòigh.
Alternate, *adj.* Malairteach, mu seach.
Alternate angles, *s.* Oisinnean co-fhreagairteach air gach taobh.
Alternate, *v. a.* et *n.* 1. Perform alternately: mùth, dean mu 'n seach. 2. change one thing for another reciprocally: eadar-mhùth, iomlaidich. 3. succeed by turns: thig mu 'n seach, atharraich.
Alternately, *adv.* See Alternate.
Alternateness, *s.* Ath-luasganachd.
Alternation, *s.* 1. The reciprocal succession of

things: atharrachadh mu 'n seach. 2. the answer of the congregation speaking alternately with the minister: freagradh mu seach. 3. alternate performance in the choral sense: seinn mu seach.

ALTERNATIVE, *s.* Atharrachadh, roghuinn, an dara aon.

ALTERNATIVE, *adj.* Ann an seòl mùthaidh, a dh'fhalbhas 's a thig.

ALTERNATIVELY, *adv.* See Alternative.

ALTERNATIVENESS, *s.* Ath-luasganachd.

ALTERNITY, *s.* Mùthadh a thig 's a dh'fhalbhas, malairt, iomlaid.

ALTHEA, *s.* Gròpais-lòin, molach-fèithe.

ALTHOUGH, *conj.* Ge d', ge, gidheadh.

ALTIGRADE, *adj.* Àrd-shiùbhlach, àrd-cheumnach.

ALTILOQUENCE, *s.* Àrd-bhruidhean, glòir-dhìomhain, glagaireachd, gleadhraich.

ALTISONANY, ALTISONOUS, *adj.* Àrd-fhuaimneach, àrd-éigheach.

ALTITUDE, *s.* 1. Height of place: àirde. 2. the elevation of any of the heavenly bodies: àirde nan reul, dìreadh nan reul. 3. situation with regard to lower things: àirde os ceann. 4. height of excellence: àirde, inbhe. 5. height of degree, highest point: àrd-mhullach, àrd-bhinnean.

ALTIVOLANT, *adj.* Àrd-itealach.

ALTOGETHER, *adv.* 1. Completely without restriction: gu léir, gu tur, gu buileach, gu h-iomlan. 2. conjunctly, in company: ceart còmh-la, uile-cuideachd.

ALVEARY, *s.* Nead sheillein, bùth sheillein.

ALUM, *s.* Alm.

ALUM-STONE, *s.* Clach-ailm.

ALUMINOUS, *adj.* Almach.

ALUTATION, *s.* Deasachadh-leathrach.

ALWAYS, *adv.* 1. Perpetually: daonnan, an còmhnuidh, a ghnàth, riamh. 2. constantly, without variation: daonnan, gun atharrachadh, gun mhùthadh.

AM, *v. s.* Tha mi, ataim, is mi.

AMABILITY, *s.* Àillteachd, bòidhchead, sgiamhachd.

AMAIN, *adv.* Gu dian, le neart, le fìor-spionnadh.

AMALGAM, AMALGAMA, *s.* See Amalgamation.

AMALGAMATE, *v. a.* Co-mheasgaich, aonaich le measgadh.

AMALGAMATION, *s.* Co-mheasgachadh, aonachadh.

AMAND, *v. a.* Cuir air ghnothuch, cuir air theachdaireachd.

AMANDATION, *s.* Dol air ghnothuch, giùlan teachdaireachd.

AMANUENSIS, *s.* Cléireach-sgrìobhaidh, fear-sgrìobhaidh bhriathran neach eile.

AMARANTH, *s.* An lus-gràidh, lus-maireannach.

AMARITUDE, *s.* Searbhalachd, searbhachd, geurad.

AMARULENCE, *s.* Searbhachd.

AMARULENT, *adj.* Searbh, geur, goirt.

AMASMENT, *s.* Meall, cruach, cruinneachadh.

AMASS, *v. a.* 1. Collect in one heap or mass: trus, cruinnich, cruach, tòrr. 2. *fig.* add one thing to another: cuir ri, cruinnich.

AMASS, *s.* Cruinneachadh, cruach, tòrr, meall.

AMATE, *v. n.* 1. Accompany: coimhidich, imich le. 2. terrify, strike with horror: cuir eagal air, oilltich. 3. perplex, discourage: cuir imcheist air, mi-mhisnich.

AMATEUR, *s.* Fear-spéis do dh'ealain nach lean e mar chéird.

AMATORCULIST, *s.* Fearan, gàrlach, peasan-leannain.

AMATORIAL, *adj.* Gradh-lasadh.

AMATORY, *adj.* Gaol-gheanmhuinneach, gaol-dhùsgach.

AMAZE, *v. a.* 1. Confuse with terror: cuir fuidh bhuaireas, cuir fuidh eagal. 2. with wonder: cuir ioghnadh air, uamhannaich. 3. put in perplexity: cuir fuidh imcheist, cuir fuidh amharus, cuir amhluadh air.

AMAZE, *s.* Ioghnadh, amhluadh, uamhann, eagal.

AMAZEDLY, *adv.* Mar fuidh iognadh, fuidh amluadh gu h-imcheisteach.

AMAZEDNESS, *s.* Uamhas, ioghnadh, iongantas.

AMAZEMENT, *s.* 1. Confused apprehension of extreme fear or horror: mòr-ioghnadh, fìor-iongantas, gealtachd, uamhann. 2. extreme dejection: amhluadh. 3. height of admiration: mòr-ioghnadh, mòr-iongantas. 4. astonishment, wonder: iongantas, uamhas.

AMAZING, *adj.* Iongantach, uamhasach.

AMAZINGLY, *adv.* See Amazing.

AMAZON, *s.* Bean-mhòr, bàn-ghaisgeach, bàn-churaidh, baobh.

AMAZONIAN, *adj.* Gaisgeil, treun mar bhan-churaidh.

AMAZON-LIKE, *adj.* Baobh-shamhuil.

AMBAGES, *s.* Cuairt-ràdh, briathran dorcha, tòimhseachain.

AMBAGIOUS, *adj.* Tòimhseachanach, fadalach, cuairteagach, cuairteil.

AMBASSADE, *s.* Teachdaireachd, gnothùch gu tìr eile.

AMBASSADOUR, or AMBASSADOR, *s.* Ard theachdaire righ gu righ eile, righ-thosgair, fear-ionaid righ.

AMBASSADRESS, *s.* 1. The lady of an ambassador: bean àrd-theachdair' an righ. 2. in ludicrous language, a woman sent on a message: ban-theachdaire, ban-tosgair.

AMBASSAGE, *s.* Teachdaireachd righ.

AMBASSY, *s.* Gnothuch an righ, teachdaireachd righ.

AMBER, *s.* Òmar.

AMBER, *adj.* Òmarach, air dhreach òmair.

AMBER, *v. a.* Cuir fàile òmair dheth, òmairich.

AMBER-COLOURED, *adj.* Air dhreach òmair, buidheshoilleir.

AMBER-DRINK, *s.* Deoch-shoilleir, deoch fhìor-ghlan air dhath òmair.

AMBERGRIS, *s.* Òmar-glas, iocshlaint chùbhraidh a leaghas mar chéir, air dhath na luaithe.

AMBER-SEED, *s.* Sìol-omair, fras searbh Éiphiteach air dhath òmair.

AMBER-TREE, *s.* Craobh-òmair, craobh aig am bheil a duilleach air dhath an òmair.

AMBER-WEEPING, *adj.* Òmar-shilteach, omar-dhrùchdach.

AMBIDEXTER, *s.* 1. A man who has equally the use of both his hands: gleus-fhear, deas-fhear, feardeas-lamhach, fear deas le 'dhà làmh. 2. a man

who is equally ready to act on either side in party disputes : fear leam leat.

Ambidexterity, *s.* 1. The quality of being able to use both hands : co-dheas-lamhachd. 2. Double dealing : dùbailteachd, foillealachd, cuilbheirteachd.

Ambidextrous, *adj.* 1. Co-dheas-lamhach, calamh air gach làmh. 2. double-dealing : mealltach, foilleil, leam-leat.

Ambidextrousness, *s.* Co-dheas-lamhachd, foillealachd, cuilbheirteachd.

Ambiguity, *s.* Dà sheadh, dorchachd, neo-chinnteachd.

Ambiguous, *adj.* 1. Doubtful, having two meanings : neo-chinnteach, aig am bheil dà sheadh, duilich r' a thuigsinn. 2. applied to persons using doubtful expresions : dùbailte, doilleir.

Ambiguously, *adv.* See Ambiguous.

Ambiguousness, *s.* Neo-chinnteachd, dùbailteachd.

Ambilogy, *s.* Bruidhean dhorcha, labhairt doilleir, cainnt dhà-sheadhach.

Ambit, *s.* Cuairt, sreang-chuairteachaidh.

Ambition, *s.* 1. The desire of preferment or honour : déigh air inbhe, miann air urram. 2. desire of any thing great or excellent : gloir-mhiann, mòr-mhiann air ni oirdheirc, àrd-aigneadh. 3. it is used with *to* before a verb, and *of* before a noun : iarrtas air. 4. a seeking of praise : cliù-iarrtas.

Ambitious, *adj.* 1. Seized or touched with ambition, desirous of honours : an geall air mòrachd, suidhichte air urram, glòir-mhiannach, mòr-aigneach. 2. eager to grow bigger, aspiring : suidhichte air dìreadh, déigheil air mòrachd, àrd-inntinneach.

Ambitiousness, *s.* Mòr-chuiseachd, àrd-inntinneachd, àrd-aigneachd.

Amble, *v. n.* 1. Move upon an amble : ceumnaich le fàlaireachd, rach air fàlaireachd, ceumnaich gu grinn fòill. 2. move easily without shaking : gluais gu furasda, gu còmhnard. 3. in a ludicrous sense, move with submission : gluais le faicill, siubhail le fòill. 4. walk daintily : spaidsirich, gluais gu h-iollagach.

Amble, *s.* Fàlaireachd, spaidseireachd.

Ambler, *s.* Fàlaire, each-marcachd.

Amblingly, *adv.* Gu fòill-cheumnach.

Ambo, *s.* Crannag.

Ambrosiac, *adj.* Cùbhraidh.

Ambrosial, *adj.* Cùbhraidh.

Ambrosian, *adj.* Cùbhraidh.

Ambry, *s.* 1. The place where the almoner lives. tigh fir-roinn dhéircean. 2. the place where plate and utensils for house-keeping are kept : amraidh.

Ambulate, *v. a.* Spaidsirich, dean falbhan.

Ambulation, *s.* Gluasad, falbhan, spaidseireachd.

Ambulative, *adj.* Gluasadach, falbhanach.

Ambulatory, *adj.* 1. That which has the power, or faculty of walking : falbhanach, gluasadach. 2. that which happens during a passage, or walk : air falbhanachd, ag coiseachd, ag imeachd. 3. moveable : gluasadach, siùbhlach.

Ambury, *s.* Foinne fola air each, fliodh.

Ambuscade, *s.* Feall-fholach, plaid-luidhe.

Ambuscado, *s.* Ionad-fàtha, ionad dìomhair gu ionnsuidh thoirt air nàmhaid.

Ambuscadoed, *adv.* Gu dìomhair am folach.

Ambush, *s.* 1. The place of ambush : feall-fholach, plaid-luidhe, àite dìomhair a chum feitheamh gu olc a chur an gnìomh, ionad-folaich, ionad-fàtha. 2. the act of surprising another by lying in wait : cùl-ghlacadh, ionnsuidh dhìomhair, plaid-luidhe, glacadh foilleil. 3. the state of being posted privately : feall-fhuireach, plaid-luidhe, fàth-ghabhail. 4. perhaps the persons placed in private stations : luchd-feall-fholach, luchd-cùl-ghlacaidh, luchd-fàtha.

Ambush, *v. a.* Feall-fholaich, dean fàth, luidh am plaid.

Ambushed, *adj.* Feall-fholaichte, air a chur am plaid.

Ambust, *adj.* Loisgte, sgàldta.

Ambustion, *s.* Losgadh, sgàldadh.

Ameliorate, *v. a.* Dean ni 's feàrr, leasaich.

Amelioration, *s.* Atharrachadh, maith, leasachadh.

Amelled, *adj.* See Enamelled.

Amen, *adv.* Mur sin biodh, gu mu h-amhluidh, amen.

Amen, *s.* An Ti cinnteach, an Amen.

Amenable, *adj.* Freagarrach air son, d' am feudar cunntas a ghabhail.

Amenage, *v. a.* Cum fodha, cuir srian ri.

Amenance, *s.* Giùlan, gluasad, caitbeamh-beatha d' am feudar cunntas a ghabhailb.

Amend, *v. a.* et *n.* 1. Correct, change any thing that is wrong to something better : leasaich, càirich, leighis, dean ni 's feàrr. 2. reform the life : athnuadhaich, ath-leasaich. 3. restore passages in writers, recover the true reading : glan o mhearachdan, ceartaich. 4. grow better : leasaich, athnuadhaich thu féin, fàs ni 's feàrr, rach am feabhas.

Amendful, *adj.* Maith chum leighis, a ghabhas athleasachadh.

Amending, *s.* Leasachadh, ath-nuadhachadh.

Amendment, *s.* 1. A change from bad for the better : leasachadh, ùrachadh, feabhas. 2. reformation of life : ath-nuadhachadh, ath-leasachadh. 4. recovery : leigheas.

Amends, *s.* Dìoladh, luach, éirig.

Amenity, *s.* Taitneachd, ciatfachd, bòidhchead.

Amenty, *s.* Caothach, boile, mi-chéill.

Amerce, *v. a.* Cuir ùmhladh air, peanasaich.

Amerceable, *adj.* Buailteach do dh' ùmhladh, toilltinneach air ùmhladh, no, air peanas.

Amercer, *s.* Fear-ùmhlaidh.

Amercement, *s.* 1. The pecuniary punishment of an offender : ùmhladh. 2. punishment, or loss in general : peanas, call, calldach.

American, *s.* Americanach, fear á tìr America.

American, *adj.* Americanach.

Amess, *s.* Léine bhàn an t-sagairt.

Amethodical, *adj.* Neo-dhòigheil, neo-rianail, mi-riaghailteach.

Amethyst, *s.* Clach luachmhor, ametist.

Amethyst, *s.* Dath na cloich ametist an gearradh arm.

Amiable, *adj.* 1. Lovely, pleasing : ion-ghràdhach, gaolach, taitneach. 2. pretending love, shewing love : gràdhach, gaolach. 3. pleasant, elegant to the eye : maiseach, àluinn, taitneach. 4. friendly : càirdeil, caoimhneil.
Amiableness, *s.* Gràdhachd, taitneachd, maise.
Amiability, *s.* See Amability.
Amiably, *adv.* See Amiable.
Amicable, *adj.* Càirdeil, caoimhneil, suairce.
Amicableness, *s.* Càirdealachd, suairceas.
Amicably, *adv.* See Amicable.
Amid, Amidst, *prep.* 1. In the midst, between : am meadhon, eadar, dìreach eadar. 2. mingled with : am measg. 3. amongst : am measg.
Amiss, *adv.* 1. Faulty, criminal : gu h-olc, gu dona gu coireach. 2. faultily, criminally : air mhodh dhona, gu coireach, gu ciontach. 3. in an ill sense : gu dona, air dhochair. 4. wrong, improper : gu mearachdach, gu docharach. 5. wrong, imperfect : gu mi-cheart, gu mi-choimlionta. 6. reproachful, irreverent : gu sgeigeil, gu an-dàna. 7. impaired in health : gu h-eucaileach, gu h-olc.
Amiss, *s.* Coireachd, coire.
Amission, *s.* Call, calldach.
Amit, *v. a.* Caill, fàg.
Amity, *s.* Càirdeas, co-chòrdadh, deadh choimhearsnachd.
Ammoniac, *s.* Cungaidh-leigheis àraidh.
Gum-ammoniac, *s.* Sùgh pris àraidh s' an àird an ear, sugh phris Amoin.
Sal-ammoniac, *s.* Salan Amoin, salann-fuail.
Ammoniacal, *adj.* A bhuineas do shalann-fuail.
Ammunition, *s.* Uidheam gunnaireachd, àirneischogaidh.
Ammunition, *s.* Aran-feachd, lòn shaighdeirean.
Amnesty, *s.* Maitheanas coitchionn, loghadh cionta, gràs uachdarain.
Amnion, Amnios, *s.* Sreothan iochdarach.
Among, Amongst, *prep.* Am measg, air feadh.
Among, *adv.* 1. Mingled with : am measg, an ceann a chéile. 2. conjoined with others : còmh-la, am measg.
Amoret, *s.* Leannan, fear-gràidh.
Amorette, Amourette, *s.* 1. An amourous woman : meamnag, ban-suiridheach. 2. love-knots, or flowers : sop-suiridhe, bad-leannanachd. 3. petty amours : cleasachd-leannain, sùgradh-gaoil, beadradh.
Amorist, *s.* Suiridheach, leannan.
Amorning, *adv.* Gu maduinneil.
Amorosa, *s.* Bean mhacnusach, bean mhear.
Amoroso, *s.* Fear macnusach, fear mear.
Amorous, *adj.* 1. In love, enamoured : toigheach mu, gaolach air. 2. naturally inclined to love : leannanach, miannach, brìodalach. 3. relating or belonging to love : gaol-lasadh, gaol-dhùsgach.
Amorously, *adv.* See Amorous.
Amorousness, *s.* Meamnachd, brìodalachd.
Amorphous, *adj.* Neo-chumachdail, neo-àbhaiseach, neo-chumanta.
Amorphy, *s.* Mi-àbhaiseachd, neo-fhasantachd.
Amort, *adv.* Marbh, gu neo-shunndach, gun spiorad.
Amoval, *s.* Glan-imrich, trusadh air falbh.
Amove, *v. a.* 1. Remove from a post, or station : cuir air falbh, cuir a thaobh, atharraich o, cuir á. 2. move, or alter : caochail, tionndaidh.
Amount, *v. n.* 1. Rise in the accumulative quantity : ruig, cuir suas, thig, cuir an àird an cunntas. 2. *fig.* of the consequence of any thing taken altogether : thig, cuir an àirde. 3. mount upwards : éirich an àirde, dìrich a suas.
Amount, *s.* An t-àireamh iomlan, an t-suim, an t-iomlan.
Amour, *s.* Seòmradarachd, gaol mi-laghail.
Amper, *s.* Fliodh, neasgaid.
Amphibious, *adj.* 1. That which lives in two elements : a thig beò an uisge 's air talamh, a thig beò an dà dhùil. 2. of a mixed nature, in allusion to amphibious animals : coachlaidheach an gnè, dà-ghnèitheach.
Amphibium, *s.* Creutair a thig beò an dà dhùil, mar an losgann.
Amphibological, *adj.* Teagamhach, dorch-fhoclach, agail.
Amphibologically, *adv.* See Amphibological.
Amphibology, *s.* Cainnt dhà-sheadhach, cainnt theagamhach.
Amphibolous, *adj.* Air a thilgeadh o thaobh gu taobh, a null 's a ṅall.
Amphiboly, *s.* Cainnt theagambach.
Amphilogy, *s.* Cainnt dhùbailte, focail charach.
Amphitheatre, *s.* Tigh-cluiche nan sean Romhanach.
Ample, *adj.* 1. Large, wide : mòr, farsuing. 2. great in bulk : mòr. 3. unlimited in authority, without restriction : làn. 4. liberal, large : farsuing, mòr, fiùghantach. 5. magnificent, splendid : mòr. 6. Diffusive, not contracted : làn.
Ampleness, *s.* Lànachd, farsuingeachd, meudachd.
Ampliate, *v. a.* Meudaich, farsuingich.
Ampliation, *s.* 1. Enlargement, exaggeration, extension : meudachadh, farsuingeachadh. 2. diffuseness, enlargement : lànachadh, leudachadh, meudachadh.
Amplificate, *v. a.* Meudaich, leudaich, cuir am farsuingeachd.
Amplification, *s.* 1. Enlargement, extension : meudachadh, leudachadh. 2. in a rhetorical sense, a diffusive narrative : leudachadh.
Amplifier, *s.* 1. One that enlarges any thing, one that exaggerates : fear-leudachaidh. 2. an enlarger in point of magnitude, or grandeur : fear-meudachaidh, fear-togail suas.
Amplify, *v. a.* et *n.* 1. Enlarge any material substance : meudaich, dean ni 's mò. 2. enlarge, or extend any thing incorporeal : meudaich, cuir am farsuingeachd. 3. exaggerate any thing : leudaich, cuir ri. 4. enlarge, improve by new additions : leudaich, cuir ṙi, dèan ni 's làine, meudaich. 5. speak largely in many words : leudaich air, labhair gu bith-bhriathrach. 2. form large, or pompous representations : leudaich air, spleaghaich.

Amplitude, *s.* 1. Extent : meudachd, farsuingeachd. 2. largeness, greatness : meudachd, farsuingeachd. 3. capacity : meudachd, farsuingeachd, mòr-fhiosrachd. 4. copiousness, abundance : lànachd, pailteachd. 5. amplitude of the range of a projectile : fad astair-urchair.

Amply, *adv.* See Ample.

Amputate, *v. a.* Gèarr air falbh ; 's e sin, sgar ball o 'n chorp, mar ṅi léigh le inneal gearraidh.

Amputation, *s.* Gearradh dheth, sgaradh uaithe.

Amulet, *s.* Paidirean giosagach, seud giosagach, seun.

Amuacosity, *s.* Brìgh dhèasgann brìgh-mhàthair ni sam bith.

Amuse, *v. a.* et *n.* 1. Entertain with tranquillity : toilich, cum o fhadal. 2. draw on, keep in expectation : breug, meall. 3. muse, meditate : smuainich, cum t' inntinn air falbh.

Amusement, *s.* 1. Entertainment : caitheamh-aimsire, fearas-chuideachd, breugadh. 2. profound meditation : beachd-smuaineachadh, smuaineachadh trom.

Amuser, *s.* Fear-miodail, fear-breugaidh, mealltair.

Amusingly, *adv.* Air mhodh thaitneach.

Amusive, *adj.* Taitneach, a bheir toileachadh, a thogas sprochd, sunndachail.

Amusively, *adv.* See Amusive.

An. See A, Article.

Ana, *adv.* Uircad is uircad.

Anabaptism, *s.* Teagasg nan anabaisteach.

Anabaptist, *s.* Anabaisteach, baisteach, fear-ṅicheidh baistidh do leanabaibh.

Anabaptize, *v. a.* Baist a ṙìs, baist an dara h-uair.

Anachorete, } *s.* Manach aonaranach.
Anachorite, }

Anachronism, *s.* Mearachd an cunntas aimsir.

Anademe, *s.* Lus-chrùn, blàth-fhleasg.

Anagram, *s.* Tòimhseachan air ainm neach, anns am bheil na litrichean a tha deanamh suas an ainme air an cur troimh a chéile.

Analects, *s.* 1. Crumbs which fall from the table : spruileach. 2. *fig.* fragments of authors, select pieces : roinnean, no, earrannan de sgrìobhadh ùghdairean, mìrean taghta.

Analeptic, *adj.* Comhfhurtachail, neartmhor, a' neartachadh le cungaidh leighis.

Analogial, *adj.* Coltach ṙi, buintinn ṙi.

Analogical, *adj.* 1. Used by way of analogy : samhlachail, coimeasach, coltach ṙi. 2. analogous, having resemblance or relation : coltach ṙi, cosmhuil ṙi, co-shamhuil.

Analogically, *adv.* See Analogical.

Analogicalness, *s.* Co-shamlachas, coimeasachd, co-fhreagarrachd ann an coslas.

Analogous, *adj.* Cosmhuil ṙi, co-chòrdadh ann am buaidhibh, co-fhreagarrach.

Analogously, *adv.* See Analogous.

Analogy, *s.* 1. Resemblance between things : coslas, samhlachas, co-chòrdadh, fìor-choslas ṙ' a chéile. 2. by grammarians used to signify the agreement of several words in one common mode : co-fhreagairt fhocal an cleachdamh coitchionn, mar, Fuathaichte, o, *Fuathaich ;* Gràdhaichte, o, *Gràdhaich.*

Analysis, *s.* 1. A separation of a compound body into the several parts of which it consists : eadar-dhealachadh air buaidhibh ni, mion-ṙannsachadh, dealachadh ṅithe measgta o chéile, eadar-sgarachduinn air gach gnè de ṅi aonaichte, fuasgladh. 2. a consideration of any thing in parts : mìneachadh, tabhairt fainear gach gnè de ṅi an òrdugh, eadar-sgarachdoinn 's an inntinn air buaidhibh ni measgta. 3. solution of any thing into its first elements : mìneachadh, fosgladh as a chéile.

Analyst, *s.* Fear-mìneachaidh, fear-soilleireachaidh.

Analytical, *adj.* That which resolves any thing into its first principles : a bheir gach gnè ṅi measgta gu solus le eadar-sgarachduinn, a chuireas gach buaidh ann an ni o chéile, a shoilleiricheas, a mhìnicheas. 2. that which proceeds by analysis : a mhion-ṙannsaicheas, a gheur-mhìnicheas.

Analytically, *adv.* See Analytical.

Analyze, *v. a.* Eadar-sgar gnè ṅithe, thoir as a chéile, bun-ṙannsaich, tur-mhìnich.

Analyzer, *s.* 1. That which has the power of analyzing : fear-sgaraidh o chéile, fear-eadar-dhealachaidh. 2. he who analyzes, or investigates : fear-mìneachaidh, fear-soilleireachaidh.

Anapest, *s.* Troigh-bhàrdachd, dà cheum goirid is ceum fada.

Anarch, *s.* Fear-mi-ṙiaghailt, ceann-aimhreit.

Anarchic, *adj.* Mi-ṙiaghailteach.

Anarchical, *adj.* Aimhreiteach, mi-ṙiaghailteach.

Anarchism, *s.* Mi-ṙiaghailteachd, aimhreiteachd.

Anarchist, *s.* Fear-buaireis, ceatharnach-coille, fear-mi-ṙiaghailt.

Anarchy, *s.* Mi-ṙiaghailt, eas-aonachd, aimhreit, mi-dhòigh, eas-òrdugh, buaireas.

Anasarca, *s.* Seòrsa d'an mheud-bhronn.

Anastrophe, *s.* Mi-ṙiaghailt fhocal, eas-òrdugh fhocal.

Anathema, *s.* 1. A curse pronounced by ecclesiastical authority : ascaoin-eaglais, mallachd-eaglais, mallachd. 2. the object of the curse : mallachd.

Anathematical, *adj.* A bhuineas do mhallachd-eglais.

Anathematize, *v. a.* Sgar o chomunn nan criosduidhean, cuir mallachd-eaglais air, cuir fuidh ascaoin-eaglais.

Anatomical, *adj.* 1. Relating to anatomy : a bhuineas do theagasg corp-ghearradh, no corp-shnasadh. 2. proceeding upon principles taught in anatomy : corp-shnasaireach. 3. anatomized, dissected, separated : corp-shnasaichte, corp-ghearrta.

Anatomically, *adv.* See Anatomical.

Anatomist, *s.* Corp-shnasaire, fear-gearraidh chorp.

Anatomize, *v. a.* 1. Dissect an animal : corp-ghearr, corp-shnasaich. 2. lay any thing open distinctly : fosgail gu mion, réidh-shnasaich.

Anatomy, *s.* 1. The art of dissecting the body : corp-shnasadh, corp-ghearradh, corp-ṙannsachadh. 2. the doctrine of the structure of the body : teag-

asg corp-shnasaidh, eòlas-corp-ghearraidh. 3. the act of dividing any thing: gearradh as a chéile. 4. the body stripped of its integuments, a skeleton: creubhag lom, corp lom-chnàimheach. 5. a thin meagre person: cnàimhean loma, duine gun fheòil.

Ancestor, *s.* Fear-sinnsireachd, sean-athair, sinnsear.

Ancestral, *adj.* Sean-atharail, sinnsireil.

Ancestry, *s.* 1. Lineage, a series of ancestors: sinnsireachd. 2. the honour of descent, birth: teachd o shean, gineamhuinn uasal, urram sinnsireachd.

Anchor, *s.* 1. A heavy iron for mooring vessels: acair-luinge, greimiche-luinge. 2. any thing which confers stability, or security: acair. 3. the chape of a buckle: greimiche.

Anchor, *v. a.* et *n.* 1. Cast anchor, lie at anchor: tilg acair, luidh air acair, leag acair. 2. stop at, rest on: stad air acair, luidh air acair, greimich air. 3. place at anchor: acraich, tilg acair. 4. fix on: acraich air, greimich ri.

Anchorable, *adj.* Acarsaideach, 's am bheil ionad acrachaidh.

Anchor-hold, *s.* Greim-acaire.

Anchor-smith, *s.* Gobha acraichean, fear-dèanaimh acraichean.

Anchorage, *s.* 1. The hold of the anchor: greim-acaire, acarsaid. 2. set of anchors belonging to a ship: acraichean. 3. duty paid for the liberty of anchoring in a port: càin acarsaid, cìs calaidh.

Anchored, *adj.* 1. Held by the anchor: acraichte greimichte le acair, air acair, cumta air acair. 2. shaped like an anchor, forked, spoken of a serpent: gòbhlach, da-mheurach. 3. (anchored) in heraldry: air chumachd-acaire, coltach ri acair.

Anchoress, *s.* Ban-mhanach aonaranach.

Anchoret, } *s.* Manach aonaranach, manach fàs-
Anchorite, } aich.

Anciency, *s.* See Ancienty.

Ancient, *adj* 1. Old, not modern: sean, aosmhor, cian air ais. 2. of long duration: sean, aosda. 3. past, former: o shean, o chéin.

Ancient, *s.* 1. Ancients opposed to the moderns: na sean daoine, na seanairean, fir o 'n aimsir chéin. 2. old men: aosd-fhir, sean-daoine, fir aosmhor.

Ancient, *s.* 1. Flag of a ship, and formerly of a regiment: bratach, meirghe, suaicheantas. 2. the bearer of a flag: fear-brataich, fear-giùlain na meirghe.

Anciently, *adv.* O cheann fada, o shean, an céin.

Ancientness, *s.* Seanachd, aosmhorachd.

Ancientry, *s.* 1. The honour of ancient lineage: sean uaisle, seanachd dreama. 2. the character or imitation of antiquity: cleachdadh sinnsireachd, cleachdadh nan aithrichean.

Ancienty, *s.* Cian aimsir, sean ùine.

Ancillary, *adj.* Fritheilteach.

Ancle, *s.* See Ankle.

Ancome, *s.* Guirean gagach.

And, *conj.* 1. The particle by which sentences or terms are joined: agus, is, 's. 2. though: gidheadh. 3. and *if*: agus ma.

Andabatism, *s.* Doille, neo-chinnteachd.

Androgenal, *adj.* Firionn-boirionn.

Androgene, *s.* Neach firionn-boirionn.

Androgenous, *adj.* See Androgenal.

Androgynus, *s.* Neach firionn-boirionn.

Androtomy, *s.* Corp-ghearradh.

Anecdote, *s.* 1. Something yet unpublished: ùr-sgeul, mion-sgeul, sgeula bheag. 2. a biographical incident: cunntas beag mu, sgeula bheag.

Anecdotical, *adj.* Ùr-sgeulach, làn naigheachdan.

Anele, *v. a.* Cuir ola-bhàis air, cuir ungadh deireannach air.

Anemography, *s.* Gaoth-eolas.

Anemometer, *s.* Uidheam-thomhais neart na gaoithe, gaoth-mheidh.

Anent, *prep.* 1. Concerning, about: mu, mu thimchioll, mu dhéighinn, a thaobh. 2. over-against: mu chomhair, mu choinneamh.

Anes, } *s.* Calg.
Awns, }

Aneurism, *s.* Galar-cuisle, taomadh-fola ann an cuisle le 'n atar i.

Anew, *adv.* 1. Over again, another time: a rìs, as ùr, uair eile, an dara h-uair. 2. newly, in a new manner: as ùr, air mhodh eile.

Anfractuose, } *adj.* Brisdeach, lùbach, làn char,
Anfractuous, } làn thionndaidhean.

Anfractuousness, *s.* Lùbachd, fiarachd, brisdeachd, caime.

Anfracture, *s.* Tionndadh, lùbadh, fiaradh.

Angariation, *s.* Oidheirp, strì, deuchainn.

Angel, *s.* 1. Originally a messenger: aingeal, teachdair nèamhaidh. 2. in a bad sense: aingeal dorchadais. 3. a man of God: teachdair o Dhia, duine le Dia. 4. for a beautiful person: aingeal, àilleagan. 5. a messenger of any kind: teachdair. 6. a piece of money: bonn-airgid, luach deich tasdain.

Angel, *adj.* Air dhreach aingil.

Angelically, *adv.* Air mhodh aingil.

Angelic, *adj.* See Angelical.

Angelica, *s.* Lus nam buadh.

Angelical, *adj.* 1. Resembling angels: coltach ri aingeal. 2. partaking of the nature of angels: nèamhaidh, aig am bheil inntinn mar aingeal. 3. belonging to angels, suiting their nature: freagarrach do dh'ainglibh.

Angelicalness, *s.* Co-shamlachas ri ainglibh nèamhaidh.

Angelot, *s.* 1. A musical instrument: inneal-ciùil coltach ri clàrsach. 2. a gold coin: bonn òir dheich tasdan. 3. cheese so called: seòrsa càise.

Anger, *s.* 1. Uneasiness or discomposure of the mind: fearg, corruich, mi-thlachd. 2. pain, or smart of a sore: cràdh, teinnteachd, pian.

Anger, *v. a.* 1. Make angry, provoke: feargaich cuir corruich air, brosnuich gu feirg. 2. make painful: cràdh, teinntich, pian.

Angerness, *s.* Feargachd, teinnteachd.

Angle, *s.* 1. The space intercepted between two

lines: oisinn air an taobh stigh, gobhal. 2. a corner: oisinn air an taobh muigh, uileann.

Angle, *s.* Uidheam-iasgaich, slat-iasgaich fo làn acfuinn.

Angle, *v. a.* et *n.* 1. Fish with a rod and hook: iasgaich le slat. 2. gain by insinuating artifices: meall mar iasgair, breug, iasgaich gu seòlta, tàlaidh, meall.

Angled, *adj.* Oisinneach.

Angle-rod, *s.* Slat-iasgaich.

Angler, *s.* Iasgair-slaite, fear iasgaich le slat.

Anglican, *adj.* Sasunnach.

Anglican, *s.* Ball de'n eaglais Shasunnach, fear de chreidimh an Easbuig.

Anglicise, *v. a.* Dèan beurla dheth, tionndaidh gu beurla, eadar-theangaich gu beurla.

Anglicism, *s.* Dòigh na beurla, gnàthachadh na beurla, beurlachd.

Angling, *s.* Iasgach le slat.

Angour, *s.* Dòghruinn, cràdh.

Angrily, *adv.* Gu feargach, le feirg.

Angry, *adj.* 1. Touched with anger: feargach. 2. having the appearance of anger: frionasach, corrach, cas-fheargach. 3. (in chirurgery,) painful, inflamed: teinnteach, feargach, laiste.

Anguilliform, *adj.* Easganach, sleamhuinn mar easgan.

Anguish, *s.* Dòghruinn, àmhghar, mòr dhoilghios.

Anguished, *adj.* Fuidh chràdh, goirtichte, làn dòghruinn.

Angular, *adj.* Having angles, or corners: oisinneach, uileanneach. 2. Consisting of an angle: gòbhlach.

Angularity, *s.* Oisinneachd, uileannachd.

Angularly, *adv.* See Angular.

Angularness, *s.* Oisinneachd, uileannachd.

Angulated, *adj.* Oisinnichte, uileannaichte.

Angulosity, *s.* Oisinneachd.

Angulous, *adj.* Crom, oisinneach.

Angust, *adj.* Aimhleathan, cumhang.

Angustation, *s.* Cumhangachadh, aimhleathanachadh.

Anhelation, *s.* Séitrich, plosgartaich, luath-analachadh.

Anhelose, *adj.* Gèarr-analach, plosgartach.

Anileness, Anility, } *s.* Cailleachas, cailleachantas, staid sean mhnà.

Animable, *adj.* Beothachail, so-bheothachaidh.

Animadversal, *s.* Beachdail, a bheir fainear.

Animadversion, *s.* 1. Reproof, censure: cronachadh, achmhasan. 2. punishment: smachdachadh, peanas. 3. in law: peanas, smachdachadh.

Animadvert, *v. n.* 1. Pass censures upon: thoir achmhasan do, cronaich. 2. inflict punishments: peanasaich, smachdaich, dean dìoghaltas air.

Animadverter, *s.* Fear-breith, fear-cronachaidh, fear-smachdachaidh, fear-cur an gnìomh peanais.

Animal, *s.* 1. A living creature: creutair-talmhaidh, ainmhidh, beathach-talmhaidh, brùid. 2. by way of contempt: brùid, fìor-ainmhidh.

Animal, *adj.* 1. That which belongs to animals: a bhuineas do dh'anmhidhibh, ainmhidheach, ainmheanta. 2. (animal) functions distinguished from natural and vital: comas na toile, no, na cuimhne. 3. (animal) life, not intellectual, or vegetable: corporra. 4. (animal) in opposition to spiritual or rational: neo-spioradail, corporra.

Animalcule, *s.* Meanbh-bheathach, crè ńeo-ńitheach.

Animality, *s.* Ainmhidheachd, staid beathaich.

Animate, *v. a.* 1. Quicken, make alive: beothaich, cuir spiorad ann. 2. give powers to: beothaich, neartaich. 3. encourage, incite: misnich, beothaich.

Animate, *adj.* Beò, beothail, beathail.

Animated, *adj.* Beothaichte, beothail.

Animateness, *s.* Beothachd, beothalachd.

Animation, *s.* 1. The act of animating: beothachadh, misneachadh, brosnachadh. 2. the state of being enlivened: sunndachd, beothalachd.

Animative, *adj.* Beothachail, a bheir dùsgadh air an inntinn.

Animator, *s.* Fear-tabhairt beatha, fear-beothachaidh.

Animose, *adj.* Misneachail, bras, sunndaich àrd-inntinneach.

Animoseness, *s.* Braiseachd, àrd-inntinneachd.

Animosity, *s.* Diomb, dubh-ghràin tur-fhuath, gamhlas, tnù, fearg air ghoil.

Anise, *s.* Anis, seòrsa luibhe.

Anker, *s.* Leth-bharaille, buideal mòr.

Ankle, *s.* Aobrunn.

Ankled, *adj.* A bhuineas do 'n aobrunn, aobrunnach.

Ankle-bone, *s.* Cnàimh an aobruinn.

Annal, *s.* See Annals.

Annalist, *s.* Fear-eachdraidh, seanachaidh, fear-sgrìobhaidh ghnothuch no chùis gach bliadhna.

Annals, *s.* Cùisean gach bliadhna air an cur sìos an eachdraidh, eachdraidh bhliadhnail.

Annalize, *v. a.* Sgrìobh eachdraidh.

Annats, *s.* 1. First fruits: ceud-thoradh. 2. masses said in the Romish church for persons deceased: aifreann nam bliadhna air son nam marbh.

Anneal, *v. a.* 1. Heat glass to fix its colour: Teasaich gloine air son datha, cuir dath air gloine le teasachadh. 2. heat glass after it is blown, that it may not break: teasaich gloine dhèanta chum 's nach bris i. 3. heat, temper any thing: cruadhaich le teine, dean cruaidh le teine, cuir cruaidh air.

Annealing, *s.* Eòlas cruadhachaidh gloine gu ceart, gloine-chruadhachadh.

Annex, *v. a.* 1. Unite at the end: cuir ŕi, ceangail ŕi. 2. unite as a smaller thing to a greater: snaidhm ŕi, ceangail ŕi. 3. unite, *a posteriori*: cuir an déigh.

Annex, *s.* An ni a cheangladh, am mìr a chuireadh ŕis.

Annexation, *s.* 1. Conjunction, addition: ceangal, coimh-cheangal, co-shnaidhmeadh. 2. union, act or practice of adding: coimhcheangal, cur ŕ' a chéile.

Annexment, *s.* 1. The act of annexing: ceang-

al, coimh-cheangal, snaidhmeadh. 2. the thing annexed: am mìr a chaidh chur ri.

Annihilable, *adj.* So-dhìthichte, a dh'fheudar a sgrios.

Annihilate, *v. a.* 1. Reduce to nothing, put out of existence: dìthich, léir-sgrios, di-mhill. 2. destroy, so as to make the thing otherwise than it was: mill, tur-mhill. 3. annul, destroy the agency of any thing: cuir as, dìthich.

Annihilate, *adj.* Dìthichte, di-mhillte.

Annihilation, *s.* Di-mhilleadh, léir-sgrios.

Anniversarily, *adv.* Gu bliadhnachail, gu h-àmchuimhneachail.

Anniversary, *s.* 1. A day celebrated as it returns in the course of the year: latha-cuimhneachain aig ceann bliadhna. 2. the act of its celebration: cuirm-bhliadhnail, fleadh-chuimhneachain. 3. an office in the Romish church, celebrated for the soul of the deceased: gnìomh-oircheis air son nam marbh, ùrnuigh bhliadhnail airson nam marbh.

Anniverse, *s.* Latha-cuirm bhliadhnail.

Anno Domini, *s.* Am bliadhna ar Tighearna.

Annotate, *v. n.* Mìnich, soilleirich, comharraich.

Annotation, *s.* Mìneachadh, comharrachadh, soilleireachadh.

Annotationist, Fear-mìneachaidh, fear-soilleireachaidh.

Annotator, Fear-mìneachaidh, fear-soilleireachaidh.

Announce, *v. a.* 1. Publish, proclaim: cuir an céill, foillsich, innis, aithris. 2. declare by a juridical sentence: thoir binn, cuir breth an céill.

Announcement, *s.* Aithris, foillseachadh, innseadh, fios.

Announcer, *s.* Fear-foillseachaidh, fear-innsidh, fear-glaodhaich.

Annoy, *v. a.* Cuir dragh air, cuir mìothlachd air, buair, cuir campar air.

Annoyance, *s.* 1. That which annoys, that which hurts: trioblaid, buaireas, culaidh-mhìothlachd ni dochair air neach. 2. the state of being annoyed, act of annoying, trioblaideachadh, buaireas.

Annoyer, *s.* Fear-trioblaideachaidh, duine draghail, buaireadair.

Annoyful, *adj.* Draghail, aimlisgeach.

Annual, *adj.* 1. That which comes yearly: bliadhnail, a thig gach bliadhna. 2. reckoned by the year: bliadhnail, a thig an ceann bliadhna. 3. that which lasts only one year: bliadhnail, a mhaireas aon bhliadhna.

Annually, *adv.* An ceann gach bliadhna, gach bliadhna, o bhliadhna gu bliadhna.

Annuary, *adj.* Bliadhnail.

Annuitant, *s.* Fear-suim-bhliadhnail, fear-cuibhrinn àraid bhliadhna.

Annuity, *s.* 1. A yearly rent to be paid for term of life, or years: suim-bhliadhnail, lòn-bliadhna. 2. a yearly allowance: suim bhliadhnail, na h-uiread 's a' bhliadhna.

Annul, *v. a.* 1. Make void, nullify: cuir as, dubh a mach, dèan gun seadh. 2. reduce to nothing, obliterate: dìthich, mill, dubh a mach.

Annular, *adj.* Cruinn mar fhàinne, fàinneach.

Annulet, *s.* 1. A little ring: fàinne bheag, fàinneag. 2. (in heraldry) a mark of distinction worn by the fifth brother: fàinne bheag an gearradh arm. 3. (annulets) a part of the coat of armour of several families: fàinneachan ghearradh arm.

Annulment, *s.* Dubahdh a mach, dìthcachadh, milleadh.

Annumerate, *v. a.* Cuir ris an àireamh, cuir àireamh ri àireamh, meudaich an àireamh.

Annumeration, *s.* Meudachadh àireimh, cur ris.

Annunciate, *v. a.* Aithris, innis sgeul, thoir fios.

Annunciation, *s.* 1. Lady-day: latha feill Muire, an cùigeadh latha fichead de 'n Mhàrt. 2. proclamation: cur an céill, tabhairt fios, aithris fhollaiseach.

Anodyne, *adj.* Furtachail, a bheir faothachaidh.

Anoint, *v. a.* 1. Rub over with unctuous matter: ung, cuir ola air, suath le ola. 2. smear: suath le ola, smiar le ola, còmhdaich thairris le ola. 3. consecrate: coisrig le ola.

Anointer, *s.* Fear-ungaidh, fear-coisrigidh.

Anointing, *s.* Ungadh, coisrigeadh le ola.

Anointment, *s.* Ungadh le ola.

Anomalism, *s.* Mi-riaghailt, eas-òrdugh, ni neochleachdta, ni air leth.

Anomalous, *adj.* No-choitchionn, air leth, mi-nàdurach.

Anomalously, *adv.* See Anomalous.

Anomalousness, *s.* Neo-choitchionnachd.

Anomaly, *s.* Eas-òrdugh, ni neo-choitchionn, ni air leth.

Anomy, *s.* Lagh-bhriseadh.

Anon, *adv.* 1. Quickly: gu grad, an ceart uair. 2. now and then: an trà-sa 's a rìs, air uairibh.

Anonymous, *adj.* Neo-ainmnichte, gun ainm.

Anonymously, *adv.* See Anonymous.

Anorexy, *s.* Dìth caile, fuath bìdh.

Another, *adj.* 1. Not the same: eile. 2. one more: tuilleadh, eile. 3. any other: eile. 4. not one's self: neach eile. 5. widely different, much altered: ni eile buileach.

Ansated, *adj.* Cluasach, làmhach.

Anslaight, Tabaid, iorghuill, tuasaid, slachdadh.

Battlement, *s.* Barra-bhalla, balla-daingnich, lethbhalla.
Battlemented, *adj.* Daingnichte le bàrr-bhallaibh.
Battling, *s.* Còmhrag, cath, cathachadh.
Battologize, *v. a.* Ath-aithris gu tric.
Battology, *s.* Ath-aithris an aoin ṅi.
Batty, *adj.* Ialtagach.
Bavaroy, *s.* Seòra falluinn, cleòca.
Bauble, *s.* See Bawble.
Bavin, *s.* Maidean crìon, maide-connaidh, bioran-connaidh.
Builk, *v. a.* See Balk, *v.*
Bawble, *s.* Faoin ṙud, faoineachd, àilleagan sgeilmeil.
Bawbling, *adj.* Suarach, faoin, gun fhiù.
Bawcock, *s.* Fear spaideil, spaidealach.
Bawd, *s.* Fear-solair, no, bean-sholair strìopach, siùrsach, strìopach.
Bawd, *v. a.* et *n.* 1. Foul, dirty: salaich, truaill. 2. provide gallants with strumpets: solair striopaichean.
Bawdborn, *adj.* A ṙugadh le striopach.
Bawdily, *adv.* See Bawdy.
Bawdiness, *s.* Neo-ghloine, draosdachd, draosdaireachd, drabastachd.
Bawdry, *s.* 1. The nefarious practice of bringing whores and rogues together: cuideachadh strìopachais. 2. obscenity, unchaste language. See Bawdiness.
Bawdy, *adj.* 1. Filthy, dirty: neo-ghlan, mi-gheamnuidh, draosda. 2. obscene, unchaste: draosdail, deabartach, neo-gheamnuidh.
Bawdy-house, *s.* Tigh-strìopachais, tigh-siùrsachd.
Bawl, *v. a.* et *n.* 1. Hoot, cry with great vehemence: glaodh, ràn, raoic. 2. cry as a froward child: ràn, sgread, sgreach. 3. proclaim, as a crier: éigh, glaodh.
Bawn, *s.* Bàbhun, lann-spréidhe.
Bawrel, *s.* Seòrsa seabhaig.
Bawsin, *s.* Broc, strianach.
Bay, *adj.* Buidhe-ṙuadh, buidhe-dhonn, donn-dhearg.
Bay, *s.* 1. An opening of the sea into the land: bàgh, camus, loch-mara. 2. a pen, or pond-head, a store of water to drive a mill: eileach, linne-muilinn. 3. the state of any thing surrounded by enemies: eadar dhà theine, càs, cruaidh-chàs, sàs. 4. (in architecture): sgoltadh balla, fosgladh-balla. 5. bay-tree: craobh-laibhreis. 6. a poetical name for an honorary crown, or prize: crùn-buaidhe, coron-bàrdachd. 7. *fig.* poetry: bàrdachd.
Bay, *v. a.* et *n.* 1. Follow with barking, bark at: lean le tathunn, dean tathunn ṙi. 2. bark as a dog at a thief: dean deithleann. 3. encompass about, shut in: cuairtich, druid a stigh.
Bay-salt, *s.* Salann-mara.
Bay-window, *s.* Uinneag-bogha.
Bay-yarn, *s.* Snàth-abhrais.
Bayard, *s.* 1. A bay horse: each donn, each buidhe-ṙuadh. 2. a man that gapes or gazes earnestly at a thing: beul-fosgailte, steòcair.
Bayardly, *adj.* Dall, neo-thuigseach.
Bayonet, *s.* Biodag thrì-oisinneach, biodag-gunna.
Bazar, *s.* Iom-mhargadh.
Bedellum, *s.* Bdelluim, sùgh craoibhe ro-chùbhraidh.
Be, *v. n.* 1. Be, have some certain state, quality, or existence: bi. 2. exist, have existence: bi ann, bi beò. Was: bhà. Shall be: bithidh. Would, could, should, or might be: bhitheadh, bhiodh. Let be: biodh, bitheadh. Let be, do not meddle with: leig leis, na bean do, na buin ṙi.
Be-all, *s.* Toiseach is crìoch gnothuich.
Beach, *s.* Mol, tràigh, cladach, learg.
Beached, *adj.* Air aghaidh nan tonn, air an leirg.
Beachy, *adj.* Cladachail, tràigheach, leargach.
Beacon, *s.* 1. Something raised on an eminence to be fired on the approach of an enemy: teine-rabhaidh. 2. marks erected, or lights made in the

night to direct navigators: cuspair-amhairc, tigh-soluis, leus-mara.

Beaconage, *s.* Airgiod a dhìolar le luchd-mara air son cumail suas thighean-soluis.

Beaconed, *adj.* Air am bheil teine-rabhaidh, tigh-soluis, no cuspair-amhairc.

Bead, *s.* 1. Used by the Romanists: paidirean. 2. an ornament: griogag. 3. any globular body: ball cruinn air bith.

Beadle, *s.* 1. A messenger or servitor belonging to a court, or public body: maor. 2. a petty officer in parishes, whose business is to punish petty offenders: fear-peanasachaidh. 3. (in Scotland), a church-officer: maor-eaglais, cléireach.

Beadleship, *s.* Dreuchd maoire, maorsainneachd, maorsainneachd-eaglais.

Beadroll, *s.* Ainmean dhaoine teinne an àm ùrnuigh.

Beadsman, *s.* Fear-ùrnuigh as leth neach eile.

Beadswoman, *s.* Bean-ùrnuigh as leth neach eile.

Beagle, *s.* Tollair, tòbhlair, cu-lorgaidh.

Beak, *s.* 1. Of a bird: gob. 2. of ancient ships: bior umha air toiseach nan long o shean, le 'n sàthadh iad longan nan nàmhad. 3. of modern ships: toiseach, ceann-toisich. 4. a particular kind of horse-shoe: cruidh-eich, gob-chruidh eich. 5. any thing ending in a point like a beak: bior-snaois.

Beaked, *adj.* Gobach.

Beaker, *s.* Soitheach gobach, copan gobach.

Beal, *s.* Guirean.

Beal, *v. n.* Iongraich.

Beam, *s.* 1. The main piece of timber supporting a house: sail, sail-mhullaich. 2. any large and long piece of timber: sail. 3. a part of a balance: ceann meidhe. 4. the horn of a stag: cròc, cabar-féidh. 5. the pole of a chariot: crann-carbaid. 6. of a weaver's loom: garman. 7. of an anchor: lurg-acarach. 8. of light: gath-soluis, gath-gréine, dealradh, boillsgeadh.

Beam, *v. n.* Dealraich, soillsich, soillsich air.

Beamless, *adj.* Neo-dhealrach, neo-shoillseach, doillcir.

Beamy, *adj.* 1. Radiant, shining, emitting beams: dealrach, soillseach, dèarsach. 2. having the weight or massiness of a beam: trom, tomultach. 3. having horns, or antlers: cabrach, cròcach, adharcach, binneach.

Bean, *s.* Pònair.

Bean-caper, *s.* } Gnè luibhean.
Bean-tressel, *s.* }

Bean-fed, *adj.* Biadhta le pònair.

Bear, *v. a.* et *n.* 1. Carry as a burden: giùlain, iomchair. 2. convey, carry: giùlain, iomchair. 3. carry as a mark of authority: giùlain, taisbein. 4. carry as a mark of distinction: giùlain. 5. carry as in show: taisbein. 6. carry as in trust: giùlain, gléidh. 7. support, keep from falling: giùlain, cum suas. 8. keep afloat, keep from sinking: iomchair, giùlain, cum suas, tog. 9. support with proportionate strength: fuiling, giùlain, iomchair. 10. carry in the mind, as love, hatred: thoir, cum. 11. endure: fuiling, giùlain, giùlain le. 12. suffer, undergo, as punishment: giùlain, fuiling. 13. permit, suffer without resentment: giùlain, giùlain le, fuiling, fuiling do, leig le. 14. be capable of, admit: fuiling, giùlain. 15. produce, as fruit: thoir, thoir a mach. 16. bring forth, as a child: beir. 17. give birth to, be the native place of: beir. 18. possess, as power, or honour: sealbhaich. 19. gain, win: thoir a mach. 20. maintain, keep up: giùlain, cum suas, iomchair. 21. support any thing good or bad: giùlain, fuiling. 22. exhibit: feuch, taisbein. 23. be answerable for: giùlain, thoir cunntas á, freagair air son. 24. supply: giùlain, dean costus air, cum ri. 25. behave, act in any character: giùlain thu féin, iomchair thu féin. 26. hold, restrain: seas ri, seas an aghaidh, giùlain, fuiling. 27. impel, urge, push: greas, up, saltair, cuir gu cabhag. 28. conduct, manage: riaghail, stiùir. 29. press: teannaich, claoidh. 30. incite, animate: brosnaich, beothaich. 31. bear a body, (of colours): glan-cho-measgaich, thig r' a chéile. 32. bear date: taisbein àm. 33. bear a price: tog luach, gléidh luach. 34. bear in hand, amuse with false pretences: breug. 35. bear off, carry away: thoir a mach, thoir leat, thoir air falbh. 36. support, maintain, defend: seas, cum suas, dìon. 37. suffer pain: fuiling, fuiling le. 38. be patient: giùlain le, dean fòghidinn fuidh, seas ri. 39. be fruitful, prolific: bi sìolmhor, fàs lìonmhor. 40. take effect, succeed: freagair, theirig le, rach le, thig gu buil. 41. tend, be directed to any point: crom air, crom ri. 42. act as an impellent, or opponent: buail ri, buail air. 43. act upon: amais, amais air. 44. be situated with respect to other places: coimhid ri, coimhid gu. 45. bear up, stand firm without falling: seas, na fàilnich. 46. bear with, endure an unpleasing thing: giùlain le.

Bear, *s.* 1. The animal so called: mathan, mathghamhuinn. 2. the name of two constellations: mathan, am mathan beag 's am mathan mòr. 3. a name for certain stock-jobbers: ainm a bheirear air buidheann àraidh am measg luchd-màlairt airgid.

Bear-baiting, *s.* Còmhrag chon ri mathghamhuinn.

Bear-bind, *s.* Seòrsa luis.

Bear-fly, *s.* Seòrsa cuileig.

Bear-garden, *s.* 1. A place in which bears are kept for sport: lann-mhath-ghamhuinn. 2. any place of tumult or misrule: ionaid-buaireis, àite gun riaghailt.

Beard, *s.* 1. The hair that grows on the lips and chin: feusag, ulla. 2. the face: pluic. He jeered them to their beard: rinn e magadh orra r' am pluic. 3. sharp prickles on the ears of corn: colg. 4. a barb on an arrow: corran, gath.

Beard, *v. a.* 1. Take or pluck by the beard: beir air fheusag air. 2. oppose to the face, set at open defiance: thoir dùlan do, cas ris, thoir a dhùlan.

Bearded, *adj.* 1. Having a beard: feusagach. 2.

having sharp prickles as corn : colgach. 3. barbed, or jagged : corranach, riobhagach.

Beardless, *adj.* 1. Having no beard : gun fheusag, lom, lom-smigeach. 2. youthful : òg.

Bearer, *s.* 1. A carrier of any thing from one place to another : fear-iomchair, fear-giùlain. 2. one employed in carrying burdens : fear-eallaich. 3. one who wears any thing : fear-giùlain, fear-iomchair. 4. one who carries the body to the grave : fear-giùlain cuirp do 'n uaigh. 5. a tree that yields its increase : craobh mheas, craobh-thoraidh. 6. (in architecture) : gobhal. 7. (in heraldry) : dealbh leth-taobhach suaicheantais.

Bearherd, *s.* Buachaille-mhathghamhuinn.

Bearing, *s.* 1. The site or plan of any thing with respect to another : suidheachadh, sealltuinn, aghaidh. 2. gesture, mien, behaviour : modh, tuar, gnè, giùlan. 3. (in architecture) : giùlan. 4. (in heraldry) : giùlan-suaicheantais. 5. (in navigation) : cùrsa, sealltuinn, coimhead.

Bearing-cloth, *s.* Faluinn baistidh-naoidhein.

Bearish, *adj.* Mathanach, mathghamhuinneach.

Bear-like, *adj.* Mar mhathghamhuinn.

Bearn, *s.* Leanabh. Bearns : clann.

Bearward, *s.* Fear-gleidhidh mhath-ghamhuinn.

Beast, *s.* 1. An animal, distinguished from birds, insects, &c. : ainmhidh, beathach. 2. an irrational animal opposed to man : brùid, brùid an achaidh. 3. a brutal, savage man : béist, béist-duine, brùid-duine.

Beast, *v. a.* Focal bhios aig luchd-cluiche chairt.

Beastlike, *adj.* Ainmhidheil, brùideil, biastail.

Beastly, *adj.* 1. Contrary to the nature and dignity of man : brùideil, biastail. 2. having the nature or form of beasts : ainmhidheil, brùideil.

Beastly, *adv.* See Beastly, *adj.*

Beat, *v. a.* et *n.* 1. Strike, knock, lay blows upon : buail, thoir buille do. 2. punish with stripes, or blows : gabh air, gréidh, lunndraig. 3. strike an an instrument of music : buail, tri-bhuail. 4. break, bruise, spread, comminute by blows : pronn. 5. strike bushes or ground, to raise game : buail. 6. thrash, drive the corn out of the husk : buail, lom. 7. mix things by long and frequent agitation : coimeasgaich, suath, eadar-mheasgaich le suathadh. 8. batter with engines of war : leag sìos. 9. dash as water, or brush as wind : buail. 10. tread a path : imich air, ceumnaich, saltair. 11. make a path by marking it with tracts : dean frith-rathad. 12. conquer, subdue, vanquish : buadhaich, ceannsaich, faigh buaidh air. 13. harass, over-labour : claoidh, dubh-sgìthich. 14. lay, or press, as standing corn, with hard weather : buail gu làr, leag gu làr. 15. depress, crush by repeated opposition ; claoidh, bris. 16. drive by violence : iomain, buail air falbh. 17. move with fluttering agitation : gluais, buail, cuir air ghluasad. 18. *Beat down* the price : thoir sìos, beagaich. 19. *Beat down*, sink, or lessen the value : lughdaich, leag, thoir sìos. 20. *Beat up*, attack suddenly, alarm : thoir ruathar air. 21. *Beat* the hoof, walk, go on foot : buail a' chos, imich, siubhail. 22. *Beat* into, repeat often : ath-aithris, dinn ann. 23. move in a pulsitory motion : buail. 24. dash, as a flood, or storm : buail, buail air. 25. knock at a door : buail. 26. move with frequent repetitions of the same act or stroke : ath-bhuail, sìor-bhuail. 27. throb, be in agitation as a sore swelling : thoir buille 's buille, buail. 28. fluctuate, be in agitation : luaisg, bi air luasgan. 29. try different ways, search : sir, rannsuich, sir mu 'n cuairt. 30. act upon with violence : tuit trom air. 31. speak frequently, repeat : ath-aithris.

Beat, *pret. part.* Beat, *v.* Buailte, gréidhte. See Buail.

Beat, *s.* 1. A stroke : buille. 2. manner of striking : bualadh. 3. manner of being struck : bualadh.

Beaten, *adj.* Air a choiseachadh, air a thadhal.

Beater, *s.* 1. An instrument with which any thing is comminuted : buailtear, fear-bualaidh, pronnadair. 2. a person much given to blows : fear-buailteach. 3. (in hunting or fowling), he that beats for game : gille-seilg.

Beath, *v. a.* Blàthaich 's an teine.

Beatific, Beatifical, *adj.* Sona, làn-sonais, beannaichte,

Beatifically, *adv.* See Beatifical.

Beatify, *s.* 1. Make happy, bless with completion of celestial enjoyment : dean sona, dean aoibhinn, beannaich. 2. settle the character of any deceased person, that he is received into Heaven : cuir ri ainm na muinntir shaorta.

Beatification, *s.* Dèanamh làn-shona, toirt làn-shonas do.

Beating, *s.* Gabhail air, gréidheadh.

Beatitude, *s.* 1. Blessedness, felicity, happiness : beannachd, sonas, làn-shonas, sonas nèamhaidh. 2. a declaration of blessedness made by our Saviour to some particular virtues : beannachd a thugadh le Criosd air cuid a' nithibh.

Beau, *s.* Fear breagha, spailpeara, spairiseach, rìomhach ; leannan, suiridheach.

Beau-monde, *s.* An saoghal fasanta.

Beaver, *s.* 1. a beaver, an animal : dobhran donn, dobhar-chu, leas-leathann. 2. a hat made of beaver fur : ada de fhionnadh an dobhrain. 3. the part of the helmet that covers the lower part of the face : clàr-aghaidh-clogaid.

Beavered, *adj.* Air a chòmhdachadh le ada bhian-dobhrain, air a dhìonadh le clogaid cruadhach.

Beauish, *adj.* Breagha, grinn, spailpeach, spairiseach.

Beauteous, *adj.* Maiseach, deadh-mhaiseach, àlainn, bòidheach, sgiamhach, dreachmhor, eireachdail.

Beauteously, *adv.* See Beauteous.

Beauteousness, *s.* Maisealachd, deadh-mhaiseachd, àilneachd, bòidhche, sgiamh.

Beautifier, *s.* Ni a dh' àilnicheas, a bheir sgiamh air ni no neach eile.

Beautiful, *adj.* Bòidheach, glan-shnuadhach, rìomhach. See Beauteous.

Beautifully, *adv.* See Beautiful.

Beautifulness, *s.* See Beauteousness.
Beautify, *v. a.* et *n.* 1. Adorn, embellish, deck, grace, add beauty to: maisich, sgiamhaich, sgeadaich, dèan dreachmor, àilnich, grinnich, cuir grinneas air. 2. grow beautiful: fàs àluinn, dreachmhor, sgiamhach, boidheach, maiseach, no grinn.
Beautiless, *adj.* Gun sgiamh, neo-mhaiseach, neo-bhòidheach, neo-àluinn.
Beauty, *s.* 1. That assemblage of graces or proportion of parts that pleases the eye: maise, àilneachd, sgèimh, deadh-mhais, dreach, bòichead, eireachdas. 2. a particular grace, feature, or ornament: maise, àilneachd, sgèimh. 3. any thing more eminently excellent than the rest of that with which it is united: maise, eireachdas. 4. a beautiful person: maise-mnà, àilneagan, rìbhinn.
Beauty, *v. a.* See Beautify.
Beauty-spot, *s.* Bad-seirce, ball-seirce.
Beauty-waning, *adj.* Searg-mhaiseach.
Bebleed, *v. a.* Thoir fuil air, còmhdaich le fuil.
Beblood, Bebloody, *adj.* Còmhdaichte le fuil.
Beblot, *v. a.* See Blot, *v.*
Beblubbered, *adj.* Air at le deuraibh.
Becalm, *v. a.* 1. Still the elements: sàmhaich, foisich, ciùinich. 2. keep a ship from motion: thoir stad air long. 3. quiet the mind: stòldaich, socruich, ciùinich.
Becalming, *s.* Fèith, ciùine.
Because, *conj.* 1. For this reason that, on this account that: air an aobhar gu, air son gu, do bhrìgh gu, do bhrìgh, air a shon so, fa chùis. 2. because of: a thaobh, air sgàth.
Bechance, *v. a.* See Befal.
Becharm, *v. a.* See Captivate.
Bechicks, *s.* Leigheas cnatain, leigheas casadaich.
Beck, *v. a.* et *n.* See Beckon.
Beck, *s.* 1. A sign with the head, a nod: smèideadh. 2. A small stream: alltan, amhnag.
Beckon, *v. n.* Smèid, smèid air, caog, dean smèideadh.
Beckon, *s.* See Beck, *s.*
Beclip, *v. a.* Gabh 'n a t' uchd.
Becloud, *v. a.* Dorchaich, thoir neul air.
Become, *v. n.* 1. Enter into some state or condition by a change from some other: cinn, fàs. 2. become of, be the fate of, be the end of: bi 'n dàn do, bi 'n a chrioch do.
Become, *v. a.* Freagair, thig do.
Becoming, *adj.* Iomchuidh, dligheach, tlachdmhorachd, ciatfachd, taitneachd, freagarrachd.
Becomingly, *adv.* See Becoming.
Becomingness, *s.* Iomchuidheachd, dligheachd, tlachdmhorachd, ciatfachd, taitneachd, freagarrachd.
Becurl, *v. a.* See Curl, *v.*
Bed, *s.* 1. Something made to sleep on: leaba, leabaidh, àite-codail, àite-luidhe. 2. lodging, the convenience of a place to sleep on: àite-luidhe, innis. 3. marriage: pòsadh. 4. bank of earth raised in a garden: leaba-gàraidh. 5. the channel of a river, or any hollow: clais, leaba-aimhne, amar. 6. the place where any thing is generated or reposited: leabaidh, taisg-àit. 7. a layer, a stratum: sreath. 8. *bring to* bed: aisead. 9. *make the* bed: càirich an leabaidh.
Bed, *v. a.* et *n.* 1. Go to bed with: rach a luidhe le. 2. place in bed: cuir 'n a luidhe, cuir 's an leabaidh. 3. make partaker of the bed: luidhe le. 4. sow or plant in earth: cuir, no, suidhich 's an talamh. 5. lay in a place of rest or security: taisg, cuir an gleidheadh. 6. lay in order, stratify: leag 'n a shreathaibh, càirich 'n a shreathaibh. 7. cohabit: luidh le.
Bedabble, *v. a.* Fliuch, ludraig, spult, ludair.
Bedaff, *v. a.* Mag, dean sgeig air, dean amadan de.
Bedaggle, *v.* Salaich, luidir, clàbaraich, eabraich, cuir carball dubh air.
Bedare, *v. a.* See Defy.
Bedash, *v. a.* Eabaraich, beubanaich.
Bedawb, *v. a.* Luidrich, mill, eabaraich.
Bedazzle, *v. a.* Cas-dhealraich, dall le solus, an-shoillsich.
Bedchamber, *s.* Seòmar-leapa, seòmar-codail.
Bedclothes, *s.* Aodach-leapa.
Beddar, Bedetter, *s.* Clach-ìochdair muilinn ola.
Bedding, *s.* Uidheam-leapa, aodach-leapa.
Bedead, *v. a.* Thoir 'fhaireachadh o.
Bedeck, *v. a.* Sgèimhich, sgeadaich, snasaich.
Bedehouse, *s.* Tigh-oircheis.
Bedelry, *s.* Maorsainneachd, maorsainneachd-eaglais.
Bedetter, *s.* See Bedder.
Bedew, *v. a.* Mìn-fhliuch, dealtraich, druidh air.
Bedewer, *s.* Mìn-fhliuchadh, dealtrachadh.
Bedewy, *adj.* Fuidh bhraon, fuidh dhealt.
Bedfellow, *s.* Coimh-leapach, ban-chompanach-leapa.
Bedhangings, *s.* Cùirteinean, aodach-chùirteinean.
Bedight, *v. a.* Deasaich, glan, sgeadaich.
Bedim, *v. a.* Dall, dorchaich, neulaich, doilleirich.
Bedismal, *v. a.* Dean tiamhaidh.
Bedizen, *v. a.* Sgeilmich.
Bedlam, *s.* 1. A madhouse: tigh luchd-cuthaich. 2. a madman, a lunatic: fear air chuthach.
Bedlam, *adj.* Cuthaich.
Bedlamite, *s.* Neach thar a chiall, fear cuthaich.
Bedmaker, *s.* Tè-chàraidh leapaichean.
Bedmate, *s.* See Bedfellow.
Bedmoulding, Bedding-moulding, *s.* Uidheam-grinneis-leapa.
Bedpost, *s.* Cas-leapa, post-leapa.
Bedpresser, *s.* Leisgein, trom-cheann.
Bedraggle, *v. a.* See Bedaggle.
Bedrench, *v. a.* Fliuch, tum, sàr-fhliuch.
Bedrid, *adj.* Air an leabaidh, tinn, luidhe na leapach.
Bedrite, *s.* Dlighe na leapa pòsda.
Bedroom, *s.* Seòmar-leapa, seòmar-codail.
Bedrop, *v. a.* Leig sileadh air, sil air.
Bedside, *s.* Taobh-leapa.
Bedstaff, *s.* Bior-taoibh-leapach.

Bedstead, *s.* Fiodh-leapa.
Bedstraw, *s.* Connlach-leapa.
Bedswerver, *s.* Adhaltranach, ban-adhaltranach.
Bedtime, *s.* Àm-luidhe, tìde-codail.
Beduck, *v. a.* Cuir fuidh 'n uisge, tum.
Bedung, *v. a.* Leasaich, mathaich.
Bedust, *v. a.* Salaich le duslach, no te smùr.
Bedward, *adv.* Dh'ionnsuidh na leapa, gu leabaidh.
Bedwarf, *v. a.* Dean droich dhe, mionbhaich, beagaich.
Bedwork, *s.* Obair-leapa, gnìomh gun làimh.
Bee, *s.* 1. The animal that makes honey: beach, seillein. 2. an industrious and careful person: gnìomhaiche, ban-ghnìomhaiche.
Bee-eater, *s.* Eun a thig beo air beachaibh.
Bee-hive, *s.* Sgeap-sheillean.
Bee-master, *s.* Fear-glèidhidh sheillean.
Beech, *s.* Seòrsa fiodha, crann-fàidh-bhile.
Beechen, *adj.* Fàidhbhileach.
Beef, *s.* 1. The flesh of black cattle: mairt-fheoil. 2. an ox, bull, or cow, fit for food: damh, tarbh, no mart-biadhta, mart-geamhraidh.
Beef, *adj.* Mairtfheolach.
Beef-eater, *s.* Gille tigh-righ.
Beef-witted, *adj.* Trom-cheannach, neo-thuigseach.
Beeld, *s.* Dìdean, fasgadh.
Been, *pret.* of Be, *v.* Bha, air bhith. See Be, *v.*
Beer, *s.* Beòir, leann-caol.
Beer-barrel, *s.* Bairille beòir.
Beer-house, *s.* See Ale-house.
Beestings, *s.* See Biestings.
Beet, *s.* Ainm luis, biotais.
Beetle, *s.* 1. An insect: daol, ceàrd-dubhan, daolag. 2. a heavy hammer, or wooden mallet, with which wedges are driven: fairche.
Beetle, *v. n.* Croch a mach, éirich, cas suas.
Beetle-brow, *s.* Àrd-mhailidhean.
Beetle-browed, *adj.* Àrd-mhaileadhach.
Beetle-headed, *adj.* Trom-cheannach, ploc-cheannach.
Beetle-stock, *s.* Sambach fairche.
Beetradish, Beetrave, } *s.* See Beet.
Beeves, *s. pl.* Crodh, daimh, spréidh.
Befal, *v. n.* 1. Happen to: éirich, éirich do, tachair do. 2. happen, come to pass: thig gu crìch, tachair, thig gu teachd.
Befit, *v. a.* Freagair, freagair do, dean iomchuidh, thig do.
Befoam, *v.* Còmhdaich le cobhar.
Befool, *v. a.* Dean amadan dheth, fochaidich, sgeig.
Before, *prep.* 1. Farther onward in place: ṙoimh. 2. in front: ṙoimh, air beulaobh. 3. in the presence of: an làthair, 's an làthair. 4. in sight of: an sealladh, mu choinneamh. 5. under the cognizauce of: fuidh ùghdarras. 6. in the power of, denoting choice: an comas, an roghuinn. 7. by the impulse of something behind: ṙoimh. 8. preceding in time: ṙoimh. 9. in preference to: ṙoimh, a ṙoghuinn air. 10. prior to, nearer to any thing: ṙoimh, ni 's fagus air. 11. superior to: ṙoimh, os ceann.
Before, *adv.* 1. Sooner than, earlier in time: ṙoimhe, ṙoimhe sin. 2. in time past: 's an àm a chaidh, ṙoimhe. 3. in sometime lately past: ṙoimhe so, ṙoimh 'n àm so. 4. previously to, in order to: ṙoimhe dha. 5. to this time, hitherto: gus a ṅis. 6. already: a cheana. 7. farther onward in place: ṙoimhe.
Beforehand, *adv.* 1. In a state of anticipation, or pre-occupation: ṙoimh làimh, air thoiseach. 2. previously, by way of preparation: mu, mu 'n, mu 'm. 3. antecedently, beforetimes: ṙoimhe, 's an àm a chaidh seachad. 5. at first, before any thing is done: an toiseach, air tùs.
Beforetime, *adv.* Ṙoimhe so, ṙoimh 'n àm.
Befortune, *v. n.* Éirich do, tachair do.
Befoul, *v. a.* Salaich, déisdeinich, truaill.
Befriend, *v. a.* Dean càirdeas ṙi, bi càirdeil ṙi, caidrich.
Befringe, *v. a.* Deasaich le fraoineas, riobagaich.
Beg, *v. a.* et *n.* 1. Ask, seek by petition: iarr, sir, guidh, athchuingich. 2. take a thing for granted without proof: gabh ṙi ni gun chòmhdach, creid gun chòmhdach. 3. live upon alms: thig beò air déircibh, falbh air dhéirc.
Beget, *v. a.* 1. Generate, procreate: gin. 2. produce, as effects: tàrmaich, thoir a mach, aobharaich. 3. produce, as accidents: tàrmaich, aobharaich.
Begetter, *s.* Gineadair, athair.
Beggable, *adj.* That which may be attained by begging: a gheibhear mar dhéirc.
Beggar, *s.* 1. One who lives upon alms: déirceach, dìol-déirce. 2. one who supplicates for any thing, a petitioner: iarradair, fear-guidhe. 3. one who assumes what he does not prove: neach a ghabhas barail gun chòmhdach.
Beggar, *v. a.* 1. Reduce to beggary, impoverish: cuir gu bochduinn, cuir chun na déirce. 2. deprive: falmhaich, fàg falamh. 3. exhaust: falmhaich, thoir air falbh. 4. drive out by impoverishing: cuir chun na bochduinn.
Beggar-maid, *s.* Nighean bhochd, dìol-déirce.
Beggar-man, *s.* See Beggar, 1.
Beggar-woman, *s.* Bean bhochd, dìol-déirce.
Beggarliness, *s.* Uireasbhuidheachd, bochduinn, dìblidheachd, mìotharachd, aimbeartas.
Beggarly, *adj.* Uireasbhuidheach, bochd, dìblidh mìothar, aimbeartach.
Beggarly, *adv.* See Beggarly, *adj.*
Beggary, *s.* Bochduinn, uireasbhuidh, aimbeart.
Begilt, *adj.* Air òradh, òrta.
Begin, *v. a.* et *n.* 1. Do the first act of any thing: tòisich, tionnsgain. 2. trace from any thing, as the first cause: tòisich, tarruing o. 3. *Begin with:* tòisich le. 4. commence any action, or state: tòisich. 5. enter upon something new: tòisich air. 6. enter upon existence: tòisich. The world began: thòisich an saogal. 7. have its original: tòisich o, tàrmaich o. 8. take rise, com-

mence : tàrmaich, tòisich. 9. come into act : tòisich ri.

Beginner, *s.* 1. He that gives the first cause, or original to any thing : fear-tòiseachaidh, ùghdair. 2. an unexperienced attempter, a young practitioner : foghlumaiche, duine gun ealantachd.

Beginning, *s.* 1. The first original, or cause : toiseach, aobhar, prìomh-aobhar, ceud-aobhar. 2. the entrance into act, or being : tòiseachadh, tòiseachadh air. 3. the state in which any thing at first is : prìomh chor, ceud chor. 4. the rudiments, or first grounds, or materials : toiseach, tòiseachadh. 5. the first part of any thing : a' cheud chuid.

Beginningless, *adj.* Gun toiseach, gun tòiseachadh, gun tùs.

Begird, *v. a.* 1. Bind with a girdle : crioslaich, cuairtich. 2. surround, encircle, encompass : cuairtich, iadh mu. 3. shut in with a siege : séisd, cuir séisd ri

Begirt, *v. a.* See Begird.

Begnaw, *v. a.* Cnàmh, cnàmh-chagain, ith, ith air falbh.

Begone, *interj.* Air falbh thu ! á m' fhianuis ! tog ort !

Begot, *pret.* of *v.* Beget : ghin.

Begored, *adj.* Tumta am fuil.

Begot, Begotten, } *pret. part. v.* Beget : air a ghineamhuinn, ginte.

Begrease, *v. a.* Salaich le mèithealachd, le h-ola, no, le geir.

Begrime, *v. a.* Salaich le eabar, dean dubh-shalach.

Begrimer, *s.* Neach, no ni, a shalaicheas, a ni dubh-shalach.

Begrudge, *v. a.* See Envy.

Beguile, *v. a.* 1. Impose upon, delude, cheat : meall, thoir an car á. 2. deceive, evade : meall, rach as o, seachain, faigh as. 3. deceive pleasingly, amuse : breug.

Begun, *pret. part. v.* Begin : tòisichte. See Begin.

Behalf, *s.* 1. Favour, cause favoured : deadh-ghean, cùis-sheasamh, aobhar a dhian, as-leth, air-sgàth, air a thaobh. 2. vindication, support : as-leth, cùis-sheasamh, aobhar a dhian, air son.

Behappen, *v. n.* Tachair air, thig na charaibh, thig air.

Behave, *v. a.* et *n.* 1. Carry, conduct : giùlain, gluais, gnàthaich, iomchair. 2. subdue, discipline : buadhaich, thoir gu strìochdadh, cum fuidh smachd. 3. act, conduct yourself : giùlain thu féin, gluais thu féin.

Behaviour, *s.* 1. Manner of behaving one's self whether good or bad : giùlan, gluasad, iomchar, caitheamh-beatha, cleachdadh, gnàthachadh. 2. external appearance with respect to grace : beus, modh, gnàth. 3. gesture, manner of action : giùlan, dòigh, beus. 4. elegance of manners, gracefulness : modh, beus-ghrinn. 5. conduct, general practice, course of life : giùlan, gluasad, cleachdadh, caitheamh-beatha. 6. be upon one's behaviour : bi air t-fhaicill.

Behead, *v. a.* Thoir an ceann dhe, di-cheann.

Behel, *v. a.* Cuir piantan ifrinn air, dian-chràidh.

Behemoth, *s.* Behemot.

Behest, *s.* Àithne, iarrtas, òrdugh.

Behight, *v. a.* 1. Promise : geall. 2. entrust, commit : earb, thoir seachad do, cuir fuidh chùram. 3. call, name : ainmich, innis ainm. 4. command : òrduich, iarr, thoir àithne. 5. adjudge : thoir mar a chòir, thoir seachad dha le breth. 6. address, speak to : labhair ri, cuir an céill do. 7. inform, assure : innis, cuir an céill, dean fiosrach. 8. mean, intend : ciallaich, tuig. 9. reckon, esteem : bi measail.

Behind, *prep.* 1. At the back of another : air chul, air cùlaobh. 2. on the back part, not before : air cùlaobh, air cùl. 3. towards the back : air cùlaobh, an déigh. 4. following another : an déigh. 5. remaining after the departure of something else : an déigh, air deireadh. 6. remaining after the death of those to whom it belonged : an déigh bàis, n' an déigh. 7. at a distance from something going before : air deireadh air, air ais, 'n a dhéigh. 8. having the posterior place with regard to excellence : 'n a dhéigh, air deireadh. 9. on the other side of something : gu taobh.

Behind, *adv.* As an t-sealladh, air ais, ri teachd.

Behind-hand, *adv.* 1. In a state which any advantage is anticipated, so that less is to be received or more performed than the natural or just proportion : an déigh làimhe, ro-anmoch. 2. not upon equal terms with regard to forwardness : air deireadh, an déigh, ni 's anmoiche.

Behold, *v. a.* Fàic, seall, amhairc, dearc, thoir fainear.

Behold, *interj.* Feuch, faic.

Beholden, *adj.* An comain, fuidh fhiachaibh.

Beholder, *s.* Fear-amhairc, fear-faicinn.

Beholding, *adj.* See Beholden.

Beholding, *s.* Comain, comhstadh.

Beholdingness, *s.* Comain, fiachan.

Behoney, *v. a.* Dean milis mar mhil.

Behoof, *s.* Ni is iomchuidh, ni tha chum buannachd, tairbhe, cothrom, maith.

Behoovable, *adj.* Iomchuidh, cothromach, feumail, dligheach, cubhaidh.

Behoove, *v. n.* Bi iomchuidh, bi freagarrach.

Behooveful, *adj.* Buannachdail, tarbhach, feumail, maith.

Behoovefully, *adv.* See Behooveful.

Behovable, *adj.* Buannachdail, tarbhach, iomchuidh, feumail, cubhaidh.

Behove, *s.* Buannachd, tarbhachd, cothrom.

Behove, *v. n.* See Behoove, *v. n.*

Behoveful, *adj.* See Behooveful.

Behovely, *adj.* Buannachdail, tarbhach.

Behowl, *v. n.* Donnalaich, dean ulartaich, bi burralaich, ròic.

Bejade, *v. a.* Sgìthich, claoidh le siubhal.

Bejape, *v. a.* Dean aobhar ghàire dheth, dean fochaid air, dean amadan dheth.

Being, *part.* Bith.

Being, *s.* 1. Existence, opposed to nonentity: bith. 2. a particular state, or condition: inbhe, cor, beatha. 3. the person existing: bith, creutair, ti, urra, neach, cré.
Being, *conj.* A chionn, air dha bith, 's è sin.
Being-place, *s.* Ionad beatha, àite bith, àite còmhnuidh.
Be it so, Biodh e mar sin, ge 'd a bhiodh e mar sin.
Bekiss, *v. a.* Pòg, cuir fàilte.
Beknave, *v. a.* Càin, gairm 'n a shlaightear.
Beknow, *v. a.* Aidich.
Belabour, *v. a.* Slachd, cnapaich, buail gu minic, gréidh, lundrainn, éirich air.
Belace, *v. a.* Snaidhm, iallaich r' a chéile, teannaich le còrdaibh, sreangaich.
Belaced, *adj.* Sgeadaichte gu rìomhach, gréiste.
Belam, *v. a.* Buail, cnapaich.
Belamy, *s.* Caraid, fear-eòlais, aon ionmhuinn.
Belamour, *s.* Leannan, suiriche, céile, aon gaoil.
Belate, *v. a.* Cum moille air, dean anmoch, cuir an oidhche air.
Belated, *adj.* Anmoch, feasgarach, a mach 's an oidhche.
Belatedness, *s.* Athaiseachd, màirnealachd, slaodachd.
Belave, *v. a.* Nigh, ionnlaid.
Belay, *v. a.* 1. Block up, stop the passage: druid a stigh, dùin a suas. 2. place in ambush: fealltholaich, fàth-fheith, cuir am plaid-luidhe. 3. decorate, lay over: maisich, dean rìomhach, còmhdaich thairis le obair-ghréis. 4. splice a rope: sreangaich, iallaich, teannaich le còrdaibh, snaidhm.
Belch, *v. a.* et *n.* 1. Throw out from the stomach: brùchd a mach, brist gaoth, dìobhair. 2. eject the wind from the stomach, eruct: brùchd gaoth, raoichd. 3. issue out as by eructation: brùchd, taom a mach, tilg an àirde.
Belch, *s.* 1. The act of eructation: brùchdadh, dìobhairt. 2. a cant term for malt liquor: leanngaoithe.
Belching, *s.* Brùchdadh, brùchdail, dìobhairt.
Beldam, *s.* 1. An old woman, generally a term of contempt: sean chailleach, cailleach chrosda, cailleach chànranach. 2. a hag: droch cailleach, sean bhuitseach.
Beleaguer, *v. a.* Iom-dhruid, teannaich mu 'n cuairt, iadh air gach taobh, séisd.
Beleagurer, *s.* Séisdear, fear iom-dhruididh.
Beleave, *v. a.* Fàg, tréig.
Belee, *v. a.* Cuir as a ghaoith, bi am fasgadh.
Belemnites, *s.* Saighead shìthe.
Beleper, *v. a.* Buail mar le luibhre, salaich mar le luibhre.
Belfounder, *s.* Fear-dèanaimh chlag, ceàrd chlag.
Belfry, *s.* Clag-thigh, ionad bualaidh chlag.
Belgard, *s.* Caoin shuil, miog-shuil, blà sheålladh.
Belibel, *v. a.* See Libel, *v. a.*
Belie, *v. a.* 1. Counterfeit, feign, mimick: gabh ort riochd, riochdaich, bi coltach ri, mag. 2. charge with falsehood: breugaich, thoir a bhreug do. 3. calumniate: cùl-chàin, aithris gu meallta. 4. give a false representation of any thing: aithris breugan. 5. fill with lies: lion le breugaibh, tòrr le breugaibh.
Belief, *s.* 1. Credit given to something that we know not of: creideas. 2. the theological virtue of faith: creidimh. 3. religion, the body of tenets held by the professors of faith: creidimh, aidmheil creidimh. 4. persuason, opinion: barail. 5. the thing believed, the object of belief: ni a théid a chreidsinn. 6. creed: creud, creideamh-catharra.
Believable, *adj.* So-chreidsinn, creideasach.
Believe, *v. a.* et *n.* 1. Credit upon the authority of another: creid, thoir creideas do. 2. put confidence in the veracity of any one: thoir creidas, do, bi cinnteach, á earb á. 3. have a firm persuasion of any thing: creid, bi creidsinn. 4. exercise the theological virtue of faith: creid, bitheadh creidimh agad. 5. hold as an object of faith: creid ann. 6. trust, place full confidence in: creid ann, earb á, biodh muinghinn agad ann. 7. *I believe,* is sometimes used as a way of slightly noting some want of certainty, or exactness: tha mi creidsinn.
Believer, *s.* 1. He that believes or gives credit: creideach, creidmheach, neach a tha toirt creideis seachad. 2. a professor of Christianity: fear aidmheil an t-Soisgeil, Criosduidh.
Believingly, *adv.* Gu creidmheach, le làn earbsa, gu creideasach.
Belike, *adv.* 1. Probably, likely, perhaps: a réir coslais, maith a dh' fhaodta, theagamh, faodaidh e bhith. 2. *it* may be supposed, (used ironically): feudar a smuainteachadh.
Belikely, *adv.* Glé choltach.
Belive, *adv.* Gu luath, gu grad, gun dàil.
Bell, *s.* 1. A vessel or hollow body of cast metal: clag. 2. any thing in the form of a bell, as the cups of flowers: ni air chumadh cluig, cupa luis. 3. a small hollow globe of metal perforated, and containing in it a solid ball, which, when shaken, gives a sound: clag beag. 4. *bell, book, and candle,* the old phrase for execration: ascaoin-eaglais. 5. *bear the bell,* be the first: toiseach, àrd-onoir cùise. 6. *shake the bells:* crathadh a chluasan, maslachadh a chluasan.
Bell, *v. n.* Fàs air chumadh cluig.
Bell-fashioned, *adj.* Air chumadh cluig.
Belle, *s.* Steudag, rìbhinn, maise mnà.
Belled, *adj.* Ris am bheil cluig bheag an crochadh, cluigeanach.
Belles-lettres, *s.* Snas-chainnt sgrìobhaidh, foghlum uasal; eòlas-fìnealta.
Bellied, *adj.* See Big-bellied.
Belligerant, Belligerous, } *adj.* Bagarach air cogadh, cogach.
Belligerate, *v. n.* Bi cogadh, cog, dean cogadh.
Belligerent, *adj.* See Belligerant.
Belling, *s.* Bùirich, langanaich.
Bellipotent, *adj.* Euchdach.
Belligue, *adj.* Gaisgeil, curanta, treubhach, cath-

ach.

Bellitude, *s.* Maiseachd, àilleachd, grinneas.

Bellow, *v. n.* 1. Make a noise as a bull: bùir, raoichd, ràn. 2. make any violent outcry: beuc, raoichd, ràn, dean sgalartaich. 3. vociferate, clamour: éigh, glaodh, sgread, sgreuch, dean sgalartaich. 4. roar as the sea in a storm, or as the wind: beuc.

Bellow, *s.* Beuc, gàirich, rànaich.

Bellower, *s.* Rànaire, beucair, sgalartaiche, fear-bùirich.

Bellowing, *s.* Beucaich, sgalartaich, bùirich, rànaich, gàirich.

Bellows, *s.* Bolg-séididh.

Belluine, *adj.* Ainmhidheach, brùideil an-iochdmhor.

Belly, *s.* 1. That part of the body which reaches from the breast to the thighs: brù, bolg. 2. the part of the body of a beast next the ground: brù. 3. the womb: bolg, brù. 4. that part of man which requires food in opposition to the back: a' bhrù. 5. the part of any thing that swells out into a large capacity: bolg, brù. 6. any place in which something is enclosed: taobh a stigh, brù.

Belly, *v. a.* et *n.* 1. Fill, or swell out: lìon an àirde, bòc a mach. 2. swell into a larger capacity, hang out: at an àirde, bòc, cinn ni 's mò, bulgaich.

Bellyache, *s.* Tinneas-bronn, greim-mionaich, brùghoirt.

Belly-band, *s.* Crios-bronn.

Belly-bound, *adj.* Teann 's a' chorp, com-dhaingean.

Belly-cheer, *s.* Ròichd, teann-shàth.

Belly-fretting, *s.* 1. The chafing of a horse's belly with the fore girt: suathadh crios-bronn. 2. a great pain in a horse's belly caused by worms: goirteas-bronn.

Belly-ful, *s.* 1. As much food as fills the belly: làn-bronn, sàth, sàitheachd. 2. it is often used ludicrously for more than enough: seid, sac-bronn.

Belly-god, *s.* Geòcair, craosair, slugair.

Belly-pinched, *adj.* Ocrach, gortach.

Belly-roll, *s.* Rolair-meadhoin.

Belly-slave, *s.* Geòcair, craosair.

Belly-timber, *s.* Connadh-bronn, biadh.

Belly-worm, *s.* Botus.

Belman, *s.* Fear-bualaidh cluig, fear-cluig.

Belmetal, *s.* Clag-mheiteal.

Belock, *v. a.* Glais, druid, dùin mar le glais.

Belomancy, *s.* Fiosachd le saighdibh.

Belong, *v. n.* 1. Be the property of: buin do. 2. be the province, or business of: buin, dean do ghnothach dheth. 3. adhere, be appendant to: buin, bi an ceangal ri. 4. have relation to: bi leis, buin do. 5. be the quality, or attribute of: buin. 6. be referred to, relate: buin.

Belonging, *s.* Buaidh, gnè, càil, feart.

Beloved, *part.* Gràdhaichte, ionmhuinn.

Below, *prep.* 1. Under in place, not so high: fò, fuidh. 2. under in point of time: an déigh. 3. inferior in dignity: ni 's ìsle, fuidhe. 4. inferior in excellence: ni 's tàire, ni 's suaraiche, fuidhe. 5. unworthy of, unbefitting: fuidh, ro-ìosal.

Below, *adv.* 1. In the lower place, in the place nearest the centre: gu h-ìosal, fuidhe, shìos, 's an ionad ìochdrach. 2. on earth, in opposition to heaven: air talamh, air làr. 3. in hell, in the regions of the dead, opposed to heaven and earth: 's an ionad ìochdrach, shìos, gu h-ìosal.

Belowt, *v. a.* Càin, mag, tàmailtich.

Belringer, *s.* Fear-cluig.

Belrope, *s.* Còrd cluig, slabhraidh cluig.

Belswagger, *s.* Fear siùrsachd, fear thigh strìopach.

Belt, *s.* Crios meadhoin.

Belt, *v. a.* Crioslaich mu 'n cuairt, cuir ann an crios cuairt.

Bemad, *v. a.* Cuthaich, cuir air a' chuthach, cuir air boile.

Bemangle, *v. a.* Gearr 'n a bhloighdibh, thoir as a chéile.

Bemask, *v. a.* Còmhdaich do ghnùis, foluich d'aghaidh.

Bemaze, *v. a.* Cuir 'n a bhreislich.

Bemete, *v. a.* Tomhais le slait.

Bemingle, *v. a.* Measgaich.

Bemire, *v. a.* Luidrich, eabair, salaich le poll.

Bemist, *v. a.* Dorchaich, doilleirich, tarruing sgàil air.

Bemoan, *v. a.* Dean cumha, caoidh, dean tuireadh, gearain, dean bròn.

Bemoanable, *adj.* Brònach, dubhach, tuirseach, truagh.

Bemoaner, *s.* Fear-caoidh, fear-gearain, fear-bròin.

Bemoaning, *s.* Tuireadh, caoidh, bròn, cumha.

Bemock, *v. a.* Dean fochaid, tarcuisich.

Bemoil, *v. a.* Slaod feadh a' phuill, eabraich, eabair, salaich, luidir.

Bemonster, *v. a.* Dean uamhasach, cuir á cumadh le meud.

Bemourn, *v. a.* Caoidh, bi dubhach, dean tuireadh, dean cumha.

Bemused, *adj.* Smuaintinneach, bruadarach.

Bench, *s.* 1. A seat distinguished from a stool by its greater length: being, ionad-suidhe. 2. a seat of justice: cathair-breitheanais, cathair-ceartais. 3. the persons sitting on a bench: breitheamhnan, luchd-ceartais.

Bench, *v. a.* 1. Furnish with benches: suidhich beingeannan. 2. seat upon a bench: cuir air being.

Bencher, *s.* 1. Those gentlemen of the inns of court, who have been readers, are called benchers, or barristers: fear-beinge, fear-tagraidh an cùirt ceartais. 2. used also for the alderman of a corporation: bàillidh. 3. a judge: breitheamh, fear-ceartais.

Bend, *v. a.* et *n.* 1. Make crooked, inflect: crom, cam, camaich, lùb. 2. direct to a certain point: crom, stiùir. 3. apply to a certain purpose, to intend the mind: suidhich d' inntinn, leag d' inntinn. 4. put any thing in order for use: cuir an uidheam, suidhich, lagh. 5. incline: aom, lùb. 6. bow in

token of submission: crom. 7. subdue, make submissive: crom, ceannsaich. 8. *bend the brow,* crom a' mhala, cuir mùig air. 9. be incurvated: bi crom, bi cam, bi claon, bi fiar. 10. lean, or jut over: aom thairis, croch thairis. 11. resolve, determine: suidhich, cuir romhad. 12. be submissive, bow: crom thu féin.

Bend, *s.* 1. Flexure, incurvation: cromadh, camadh, fiaradh, lùbadh, claonadh. 2. the crooked timbers which make the ribs, or sides of a ship: aisnean-bàta, no luinge, tarsuinn bàta. 3. a band, or company: buidheann, cuideachd. 4. purpose: togradh, aomadh.

Bendable, *adj.* So-lùbaidh, so-chromaidh, a ghabhas fiaradh.

Bender, *s.* 1. The person who bends: fear-cromaidh, fear-lùbaidh. 2. the instrument with which any thing is bent: inneal-cromaidh, uidheam-lùbaidh. 3. the muscles called benders: fèithean crùbaidh.

Beneaped, *adj.* Tràighte, air chonn-traigh.

Beneath, *prep.* 1. Under, lower in place: fuidh, fo, ni 's ìsle. 2. under, as overborne, or overwhelmed by some pressure: an iochdar air, fuidhe. 3. lower in rank, excellence, or dignity: ni 's ìsle, fuidhe, ni 's suaraiche. 4. unworthy of, not equal to: neo-airidh air, fuidhe.

Beneath, *adv.* 1. In a lower place, under: gu h-ìosal, fuidhe. 2. below, as opposed to heaven: gu h-ìosal, air thalamh, air làr.

Benedict, *adj.* Beannaichte.

Benediction, *s.* 1. Blessing: beannachadh, beannachd. 2. the advantage conferred by blessing: beannachd, beannachadh. 3. acknowlegments for blessings received: breith-buidheachais, beannachadh. 4. the form of instituting an abbot; coisreagadh aba.

Benefaction, *s.* 1. The act of conferring a benefit: buileachadh thiodhlacan. 2. the benefit conferred: tiodhlacadh, deadh-ghnìomh.

Benefactor, *s.* Tabhartair thiodhlacan, caraid, fear-cùl-taic, fear oirchiseach.

Benefactress, *s.* Deadh bhan-charaid, bean oirchiseach.

Benefice, *s.* 1. Advantage conferred on another, chiefly ecclesiastical livings: beathachadh-eaglais, gnìomh-maitheis. 2. (in the feudal language) an emolument and duty, also a benefit: tiodhlac, tabhartas.

Beneficence, *s.* Maitheas, oircheas, deadh-dhèanadas.

Beneficent, *adj.* Toirbheartach, maitheasach, seirceil, caoimhneil, fiùghantach, tabhartach.

Benpficently, *adv.* See Beneficent.

Beneficial, *adj.* 1. Advantageous, conferring benefits, useful: tarbhach, luachmhor, buannachdail, feumail. 2. helpful, medicinal: leigheasach, slàinteil.

Beneficial, *s.* See Benefice.

Beneficially, *adv.* See Beneficial, *adj.*

Beneficialness, *s.* Feumalachd, tarbhachd, buannachd.

Beneficiency, *s.* Caoimhneas, maitheas, tròcaireachd.

Beneficient, *adj.* Caoimhneil, maitheasach tròcaireach, toirbheartach, tabhartach

Benefit, *s.* 1. A kindness, a favour conferred, an act of love: tiodhlac, deadh ghnìomh. 2. advantage, profit: tairbhe, buannachd, sochair, cothrom. 3. (in law) benefit of clergy: sochair na cléire o shean, leis am feudadh aon diubh a chùis a thogail o lagh na tìre gu 'n cùirt féin. 4. without benefit of clergy: a' chléir air cho-leagadh ri càch a thaobh lagh na tìre.

Benefit, *v. a.* et *n.* 1. Do good to, advantage: dean maith do, dean còmhnadh, dean feum. 2. gain advantage, make improvement: buannaich, faigh tairbhe.

Benegroe, *v. a.* Dubh-dhorchaich.

Beneme, } *v. a.* 1. Name, pronounce: ainmich,
Benempne, } innis cò, cuir an céill ainm. 2. promise, give: geall, thabhair.

Benempt. See Beneme.

Beneplaciture, *s.* Toil mhaith, roghainn.

Benet, *v. a.* Glac le eangaich, rib, tarruing an lìon.

Benevolence, *s.* 1. Disposition to do good, kindness, charity, good-will: maitheas, fiùghantachd, deadh-ghean, deadh-rùn. 2. the good done, the charity given: maitheas, deadh-bhuil, compàrtachadh.

Benevolent, *adj.* Caoimhneil, seirceil, maitheasach, fiùgantach, daonnach.

Benevolently, *adv.* See Benevolent.

Benevolentness, *s.* See Benevolence.

Benevolous, *adj.* Caoimhneil, càirdeil.

Benight, *v. a.* 1. Darken, involve in darkness: dorchaich, duibhrich. 2. surprise with the coming on of night: thoir dorcha na h-oidhche air, cuartaich le dorchadas. 3. debar from intellectual light: dorchaich inntinn, cum an ain-eolas.

Benign, *adj.* 1. Kind, generous, liberal: caoimhneil, fiùghantach, fial, maitheasach, tròcaireach. 2. wholesome, not malignant: maith, slàinteil. (Benign disease): tinneas fàbharach.

Benignant, *adj.* Caoimhneil, tròcaireach, maitheasach.

Benignity, *s.* 1. Graciousness, goodness: tròcaireachd, maitheasachd. 2. actual kindness: fìor-chaoimhneas, caomhalachd, càirdeas. 3. salubrity, wholesome quality: fallaineachd, slàintealachd.

Beningly, *adv.* See Benign.

Benison, *s.* Beannachd, beannachadh.

Bent, *s.* 1. The state of being bent: camadh, lùbadh, cromadh. 2. degree of flexure: claonadh, fiaradh, cromadh. 3. declivity of a hill: tèarnadh, bruthach. 4. utmost power, as of a bent bow: làn-neart. 5. application of the mind, strain of the mental powers: dìchioll, uile chumhachd, dian chomas. 6. inclination, disposition towards something: aomadh, claonadh, rùn-suidhichte, toil, togradh. 7. determination: rùn-suidhichte, dearbhbheachd. 8. turn of the temper, or disposition: aomadh, claonadh, fiaradh, tionndadh-aignidh, no, nàduir. 9. tendency, flexion: aomadh, lùb-

adh, claonadh, fiaradh, cromadh. 10. a kind of grass: muran. 11. benting time, the time when pigeons feed on bent: àm ith a' mhurain.

Benum, v. a. 1. Make torpid: meilich, cinglich, dean marbhanach. 2. stupify: dean gun othail, cuir 'n a bhreislich.

Benummedness, s. Meilcachadh, toirt air falbh othail.

Bepaint, v. a. Còmhdaich le dath, dath.

Bepale, v. a. Dean bàn, dean glas-neulach.

Bepinch, v. a. Bìd, pìoc, creidhm.

Bepiss, v. a. Mùin air, dean uisge air.

Bepraise, v. a. Àrd-mhol, cliùthaich thar tomhas.

Bepurple, v. a. Dath, air dhath purpuir.

Bequeath, v. a. Tiomnaich, thoir mar dhìlcab.

Bequeather, s. Tiomnadair.

Bequeathment, s. Dìlcab.

Bequest, s. Dìlcab.

Berain, v. a. Uisgich, frasaich air.

Berattle, v. a. Dean gleadhraich, fuadaich le clach-bhalg.

Beray, v. a. Còmhdaich le salchar.

Berberry, s. Goirt dhearc.

Bere, s. Eòrna.

Bereave, v. a. 1. Strip of, deprive of: buin uaith, creach, rùisg, dìthich, dean lom. 2. take away from: thoir air falbh, buin uaith, dean falamh.

Bereavement, s. Creach, creachadh, spùinneadh.

Bereft, part. Creachta, spùinnte.

Berg. See Burrow.

Berhyme, v. a. Cuir an rannachd.

Berob, v. a. See Rob, v. a.

Berry, s. 1. Any small fruit with many seeds or small stones: dearc, dearcag, sùbh. 2. a hillock, a mound. See Barrow.

Beryl, s. Clach luachmhor, beril.

Besaint, v. a. Dean naomh dheth, cuir an àireamh nan naomh.

Bescatter, v. a. Ioma-sgap.

Bescorn, v. a. Dean dìmeas air, tarcuisich, tàmailtich.

Bescratch, v. a. Sgrìob, thoir an craicionn deth.

Bescrawl, v. a. See Scrawl.

Bescreen, v. a. See Screen, v.

Bescribble, v. a. See Scribble.

Besee, v. n. Seall, faic, thoir fainear.

Beseech, v. a. 1. Intreat, supplicate, implore: achuingich, asluich, grìos, guidh, iarr gu dùrachdach. 2. beg, ask: guidh, iarr.

Beseech, s. Iarrtas, athchuinge, guidhe.

Beseecher, s. Fear-guidhe, fear-asluchaidh, fear-iarrtais.

Beseek, v. a. See Beseech.

Beseem, v. a. Bi freagarrach, bi cubhaidh, bi iomchuidh, bi ciatach.

Beseeming, s. Freagarrachd, ciatachd, iomchuidheachd.

Beseemly, adj. Freagarrach, cubhaidh, iomchuidh, ciatach.

Beseen, part. Air sealltainn, faicte, air a thoirt fainear.

Beset, v. a. 1. Besiege, hem in, inclose: cuartaich, séisd, iadh mu thimchioll, druid a stigh. 2. waylay, surround: fàth-fheith, luidh am plaid. 3. embarass, perplex: cuir an iomcheist, cuir an iomachomhairle. 4. fall upon, harass: buail air, tuit air.

Beshine, v. n. Soillsich, dealraich.

Beshrew, v. a. 1. Wish a curse to: mallaich e, guidh mallachd air, guidh droch còdhail do. 2. happen ill to: mallaich, guidh gu h-olc do.

Beshut, v. a. Dùin a suas, druid.

Beside, } prep. 1. At the side of another, near:
Besides, } làmh ri, fagus do, teann air, ri taobh. 2. over and above: bhàrr air, a thuilleadh air, os ceann. 3. not according to, though not against, ni h-ann do réir, an taobh a muigh dheth. 4. out of, in a state of deviating from: a mach as, uaith.

Beside, } adv. 1. More than that: a thuilleadh
Besides, } air, a bhàrr air, os bàrr. 2. not in this number: tuilleadh, a bhàrr. 3. except: ach, gun.

Besiege, v. a. Séisd, iom-dhruid, teannaich mu 'n cuairt, dùin a stigh, cuartaich baile gu 'ghlacadh.

Besieger, s. Séisdear, fear-ioma-dhruididh.

Besit, v. a. Dean freagarrach, dean iomchuidh, dean cubhaidh.

Beslave, v. a. Cuir an daorsa, dean 'n a thràill

Beslime, v. a. Salaich, tilg poll air.

Beslubber, v. a. Salaich, drabhasaich.

Besmear, v. a. 1. Bedaub: salaich, luidrich, smeur thairis. 2. soil, foul: salaich, cuir sal air, dubh.

Besmearer, s. Fear-smeuraidh, fear-luidridh.

Besmirch, v. a. Salaich, dubh, mill a dhath.

Besmoke, v. n. 1. Foul with smoke: deataich, salaich le deatach. 2. harden, or dry in smoke: cruadhaich 's an deathach, tiormaich 's an deathach.

Besmut, v. a. Dean dubh le deathach, salchaich le sùith.

Besnow, v. a. Sgaoil mar an sneachd, dean geal mar an sneachd.

Besnuffed, adj. Salaichte le snaoisean.

Besom, s. Sguab-urlair, sguab.

Besort, v. a. Scòrsaich, cuir air leth, suidhich a réir a chéile.

Besort, s. Cuideachd, luchd-céilidh, luchd-leanmhuinn, luchd-frithealaidh.

Besot, v. a. 1. Infatuate, stupify, dull: amadanaich, fàg gun tùr, fàg gun toinisg, dean gun othail, cuir air mhisg. 2. make to doat: cuir 'n a bhreislich.

Besottedly, adv. Gu h-amadanach, gu neo-othaileach.

Besottedness, s. Amadanachd, umpaidheachd.

Bespangle, v. a. Dealraich, lainnirich le seudaibh.

Bespatter, v. a. 1. Soil by throwing filth: salaich, tilg poll air, drabhasaich. 2. asperse with reproach: maslaich, càin, mill a chliù, dubh.

Bespawl, v. a. Smugaidich, tilg sileadh air.

Bespeak, v. a. 1. Order, entreat any thing beforehand: òrduich, iarr roimh làimh, bruidhinn trà air a shon, cuir eàrlas air. 2. make way by a previous apology; gabh leisgeul tràtbail. 3. forebode, tell something beforehand: roimh-innis. 4.

speak to, address: labhair ri, cuir an céill do. 5. betoken, shew: cuir an céill.

Bespeaker, *s.* Fear deadh caralais, fear-iarraidh roimh làimh.

Bespeckle, *v. a.* Dean breac, dean ballach.

Bespet, *v. a.* Dean ballach le smugaidibh, no, le sile.

Bespew, *v. a.* Sgeith, salaich le sgeith.

Bespice, *v. a.* Gréidh le peabar.

Bespit, *v. a.* See Bespet.

Bespoke, *part.* See Bespeak.

Bespot, *v. a.* Dean breac, dean ballach.

Bespread, *v. a.* Còmhdaich thairis, sgaoil thairis.

Besprent, *part.* Crathta le uisge.

Besprinkle, *v. a.* Uisgich, crath uisge air, sriodagaich.

Blowth, *s.* See Blossom.

Blowze, *s.* Caile phluiceach dhearg.

Blowzy, *adj.* Ruiteach, dearg 's an aghaidh, loisgte leis a' ghrain.

Blub, *v. a.* At, bòc.

Blubber, *s.* 1. The part of a whale which contains the oil: saill muice-mara. 2. sea-nettle: deanndag mhara.

Blubber, *v. a.* et *n.* 1. Swell the cheeks with weeping: at t' aghaidh le caoineadh, cuir glugadaich-guil air. 2. weep in such a manner as to swell the cheeks: dean glucadaich-guil, dean caoineadh aileagach.

Bludgeon, *s.* Bata, slacan, cuaille.

Blue, *adj.* Gorm.

Blue, *s.* Guirmean.

Bluebottle, *s.* 1. A flower of the bell shape: gille-guirmein, gille gorm, gorman. 2. a fly with a large blue belly: cuileag mhòr.

Blue-eyed, *adj.* Gorm-shuileach.

Blue-haired *adj.* Gorm-fhaltach, air am bheil falt gorm.

Bluely, *adv.* See Blue, *adj.*

Blueness, *s.* 1. The quality of being blue : guirme, guirmead, gormachd. 2. the livid appearance of a wound : guirme.

Blue-veined, *adj.* Gorm-chuisleach.

Bluff, *adj.* 1. Big, surly, blustering : atmhor, bòcach, gruamach, glagach, àrd-bhriatharach. 2. not pointed, obtuse : maol, neo-gheur.

Bluffness, *s.* Gruamachd, iargaltas, doimheachd.

Bluish, *adj.* Liath-ghorm, air am bheil gorm eutrom.

Bluishness, *s.* Liath-ghuirmeachd.

Blunder, *v. a.* et *n.* 1. Mix foolishly, or blindly : coimheasg gu dall, cuir aon ni an àite ni eile. 2. make to blunder, or confound : cuir air mhearal, cuir air seacharan. 3. mistake grossly : rach mearachd, dean bladhmadaich, mearachdaich. 4. flounder, stumble : tuislich, tuit an iomrall.

Blunder, *s.* Mearachd, iomrall, tuisleadh.

Blunderbuss, *s.* Gunna peileireach, gunna-glaice.

Blunderer, *s.* Iomrallaiche, maolan, fear mearachdach.

Blunder-head, *s.* Maolan, umpaidh, clod-cheann.

Blunderingly, *adv.* Gu mearachdach, gu tuisleach.

Blunt, *adj.* 1. Dull on the edge : maol, neo-gheur, gun fhaobhar. 2. dull in understanding : maol, neo-gheur, neo-thuigseach, umpaidheil. 3. rough, not delicate, not civil : aineolach, mi-mhodhail. 4. abrupt, not elegant : neo-fhaicilleach, neo-chuimeir, aineolach. 5. hard to penetrate : cruaidh, teann, tiugh.

Blunt, *v. a.* 1. Dull the edge, or point : maolaich, thoir air falbh am faobhar. 2. repress, or weaken any appetite : thoir air falbh faobhar, maolaich, lagaich, cìosnaich.

Blunting, *s.* Maolachadh, lagachadh, taiseachadh.

Bluntly, *adv.* See Blunt, *adj.*

Bluntness, *s.* 1. Want of edge, or point, dulness : maoilead, cion-faobhair, neo-ghéiread, cion-tuigse. 2. coarseness, roughness of manners : mi-mhodhalachd, umpaidheachd.

Blunt-witted, *adj.* Clod-cheannach, neo-gheur, maol.

Blur, *s.* Ball salach, smal, sal.

Blur, *v. a.* 1. Obscure, without quite effacing : salaich, dorchaich, fàg duaichnidh. 2. blot, stain, sully : cuir ball salach air, tarruing smal air, fàg dubh.

Blurt, *v. a.* Labhair gun othail, leig uat gun aire.

Blush, *v. a.* et *n.* 1. Make red : maslaich, nàraich, cuir gu rughadh-gruaidhe. 2. betray, shame, or confusion : biodh rughadh-gruaidhe ort, fàs ruiteach. 3. carry a red colour : bi ruiteach.

Blush, *s.* 1. The colour in the cheeks raised by shame or confusion : rughadh, gnùis-nàire, ruiteag. 2. a red or purple colour : rughadh, deirge. 3. sudden appearance : sealladh grad, plathadh. 4. resemblance : coltas, samhladh.

Blushet, *s.* Caileag ruiteagach.

Blushful, *adj.* Ruiteagach, gnùis-nàrach.

Blushing, *s.* Rughadh, ruiteag, deirge.

Blushless, *adj.* Gun rughadh gruaidhe, mi-nàrach, ladarna.

Blushy, *adj.* Ruiteach, ruiteagach, gnùis-nàrach.

Bluster, *v. a.* et *n.* 1. Blow down : tilg sìos, buail gu talamh. 2. roar as the storm : beuc, dean toirm mar an sian, séid gu h-àrd. 3. bully, puff, be tumultuous : bagair, dean collaid, bi gleadhrach, dean glagaireachd.

Bluster, *s.* 1. Roar of storms, tempests : séideadh, gaillion, beucadh, toirm. 2. noise, tumult : collaid, gleadhraich, stairirich. 3. turbulence, fury : aimhreit, co-stri, àrd-chorruich. 4. boast, boisterousness : bagairt, bòsd, spagluinn.

Blusterer, *s.* Fear-bagairt, glagaire, fear-spagluinn, fear-ràiteachais, ceatharnach ladarna.

Blustering, *s.* Collaid, gleadhraich, aimhreit, stairirich.

Blusterous, *adj.* Collaideach, spagluinneach, aimhreiteach, bagarach.

Bo, *interj.* Ob ! ob ! bo !

Boar, *s.* Torc, cullach, fiadh-chullach.

Boar-spear, *s.* Torc-lann.

Board, *s.* A piece of wood of more length and breadth than thickness : bòrd, clàr, déile, mìr tana fiodha. 2. a table : bòrd. 3. entertainment, food : bòrd, cuirm, teachd-an-tìr. 4. a table at which a council or court is held : bòrd-cùirte, mòd. 5. an assembly seated at table, a court of jurisdiction : cùirt. 6. deck or floor of a ship : bòrd soitheich, bòrd-luinge, urlar-luinge.

Board, *v. a.* et *n.* 1. Enter a ship by force : bòrd, glac soitheach. 2. attack, accost another : dean suas ri, rach a labhairt ri. 3. lay, or pave with boards : còmhdaich thairis le bòrdaibh, dean 'n a ùrlar lobhta. 4. place as a boarder in another's house : cuir air bhòrd. 5. live in a house, where a certain rate is paid for eating : bi air bhòrd, gabh bòrd.

Board-wages, *s.* Dìoladh air son teachd-an-tìr, bòrd-thuarasdal.

Boarder, *s.* Fear-bùird, fear-dìolaidh air son a lòin.

Boarding school, *s.* Sgoil-bùird.

Boarish, *adj.* Aineolach mar mhuic, mucach, brùideil, an-iochdmhor, garg, fiadhaich.

Boast, *v. a.* et *n.* 1. Brag of, display with ostentatious language : dean uaill á, dean spagluinn, dean bòsd á. 2. magnify, exalt : meudaich, dean uaill á, cuir suas, dean bòsd á. 3. brag, display one's own worth or actions in great words : dean uaill, dean spagluinn, séid an àirde. 4. talk ostentatiously : labhair gu spagluinneach, dean bòsd. 5. exalt one's self : àrdaich do chliù féin, mòl thu féin.

Boast, *s.* 1. An expression of ostentation : bòsd, uaill, spagluinn. 2. a cause of boasting : cùis-uaill, aobhar-ràiteachais.

Boaster, *s.* Fear-uaill, fear-ràiteachais, glagaire, bòsdair.

Boastful, *adj.* Bòsdail, ràiteachail, mòr-chuiseach, spagluinneach.

Boastingly, *adv.* See Boastful.

Boastive, *adj.* An-dàna, ladarna.

Boastless, *adj.* Simplidh, iriosal, neo-bhòsdail.

Boat, *s.* 1. A vessel to pass the water in : bàta,

eithear, culaidh, sgoth, geòla. 2. a ship of a small size: birlinn, soitheach beag.

Boation, *s.* Beuc, ràn, gleadhraich, iollach, nualan.

Boatman, **Boatsman**, *s.* Fear-bàta, fear-aiseig.

Boatswain, *s.* Fear-acfuinn luinge.

Bob, *v. a.* et *n.* 1. Cut: geàrr, beàrr dheth. 2. beat, drub, or strike: buail, slachduinn. 3. cheat, gain by fraud: meall, thoir an car á. 4. touch gently, especially at the elbow: bean gu fòil, thoir sanas uilinn do. 5. play backward and forward: cluich a ǹull 's a ǹall, luaisg. 6. bob, a technical term in angling: dean cluich ri.

Bob, *s.* 1. Something that hangs so as to play loosely: cluigean, ni air chrathadh, ni air luasgan. 2. the words repeated at the end of a stanza: athaithris, luinneag. 3. a blow: buille. 4. a worm used for a bait in angling: biathainne. 5. a bob-wig: gruag gheàrr, gruag chluigeanach. 6. a sneering joke: ùbhachd fhochaideach.

Bobance, *s.* Spagluinn, ràiteachas.

Bobbin, *s.* Iteachan.

Bobbin-work, *s.* Obair iteachain.

Bobtail, *s.* Cutaiche, geàrr-earball.

Bobtailed, *adj.* Cutach, geàrr-earballach.

Bob-wig, *s.* Gruag gheàrr.

Bode, *v. a.* et *n.* 1. Portend: fàisnich, dean fiosachd, cuir air mhanadh. 2. be an omen, foreshew: innis ro-làimh, bi mar mhanadh.

Bode, *s.* 1. An omen: tuar-manaidh, comharradh. 2. delay, or stop: fuireach, moille, stad.

Bodement, *s.* Comharradh, tuar, manadh.

Bodge, *v. n.* Bi an teagamh, bi an ioma-chomhairle, stad, fàilnich.

Bodge, *s.* Leus guirein, briseadh-craicinn, càrr.

Bodice, *s.* Peiteag bheag, cliabhan-ceangail.

Bodied, *adj.* Corporra, corpaichte.

Bodiless, *adj.* Neo-chorporra, spioradail.

Bodiliness *s.* Corpachd, corporrachd.

Bodily, *adj.* 1. Corporeal, containing a body: corporra, aig am bheil corp. 2. relating to the body, not the mind: corporra, a bhuineas do'n chorp. 3. real, actual: làthaireach, corporra, fìrinneach.

Bodily, *adv.* See Bodily, *adj.*

Boding, *s.* Tuar, manadh, rabhadh, comharradh.

Bodkin, *s.* 1. A dagger: biodag. 2. an instrument with a small blade and a sharp point, used to bore holes: dealg. 3. an instrument to draw a thread through a loop: snàthad-tharruing, snàthad mhòr. 4. an instrument to dress the hair: dealg-fuilt.

Body, *s.* 1. The material substance of an animal: corp, colunn. 2. matter, opposed to spirit: corp, colunn, ni neo-spioradail. 3. a person, a human being: neach, creutair, urra. 4. reality, opposed to representation: corp, bith, brìgh. 5. a collective mass, a joint power: meall, buidheann. 6. the main army: meadhon feachd, corp airm. 7. a corporation: cuideachd, comunn. 8. the main part, the bulk: corp. 9. a substance, matter as distinguished from other matter: corp, meall, gnè. 10. strength: spionnadh, treòir, neart.

Body-clothes, *s.* Eudach-cuirp, còmhdach each, brat each.

Body, *v. a.* Dean corp, cuir an cruth ni.

Bog, *s.* Fèithe, boglach, eabar, poll, sùil-chruthaich.

Bog, *v. a.* Aoirneagaich, eabair, cuir fuidhe am boglach.

Bog-land, *adj.* Càtharach.

Bogle, **Boggle**, *s.* Bòcan, taibhse, tannasg.

Boggle, *v. n.* 1. Start, fly back: clisg, leum air t' ais. 2. hesitate, be in doubt: stad, bi an teagamh, ag. 3. play fast and loose, dissemble: bi mealltach, bi cealgach.

Boggler, *s.* Gealtair, fear lag mhisnich, duine gun spiorad.

Bogglish, *adj.* Gealtach, neo-mhisneachail, lagchridheach.

Boggy, *s.* Càtharach, bog, fèitheach.

Bog-house, *s.* Tigh-socair.

Boil, *v. a.* et *n.* 1. Heat by putting into boiling water, seethe: dean teth, bruich. 2. be agitated by heat: goil, dean goil. 3. be hot, fervent, or effervescent: bi teth, bi dian, bi brais. 4. move with an agitation like that of boiling water: bi fuidh bhuaireas, goil. 5. be in hot liquor, in order to be made tender by the heat: bi an uisge teth, goil. 6. cook by boiling: deasaich le goil, goil, bruich, grèidh. 7. run over the vessel with heat: goil thairis.

Boil, *s.* See Bile.

Boiler, *s.* 1. The person that boils any thing: goileadair, fear-bruich, còcaire. 2. the vessel in which any thing is boiled: goileadair, coire.

Boilery, *s.* Tigh-goile, tigh-bruiche.

Boisterous, *adj.* 1. Violent, loud, roaring, stormy: gailbheach, fuathasach, stoirmeil, doireannach. 2. turbulent, tumultuous, furious: tuaireapach, aimhreiteach, buaireasach, àrd-labhrach. 3. unwieldy, clumsy, violent: amhlaireach, tuaireapach, borb. 4. violently hot: loisgeach, teth.

Boisterously, *adv.* See Boisterous.

Boisterousness, *s.* Gailbheachd, stoirmealachd, doireannachd, tuaireapachd, borbachd.

Bold, *adj.* 1. Daring, brave, stout, fearless: dàna, misneachail, calma, foghainteach, treun, neo-sgàthach. 2. executed with spirit: gaisgeil, fearail, tapaidh, treubhach. 3. confident, not scrupulous: dàna, misneachail, oscarach, neo-sgàthach. 4. impudent, rude: ladarna, mi-mhodhail. 5. licentious, shewing great liberty of fiction, or expression: dàna, ro-àrd, mi-ǹàdurra, neo-choslach. 6. striking to the eye, standing out to the view: comharraichte, sònruichte, àraidh, a' seasamh a mach. 7. open, smooth, level: fosgailteach, réidh, farsuinn. 8. taking freedoms: dàna, tuilleadh is saor, mimhodhail.

Bold, *v. a.* Dean dàna, dean fearail.

Bolden, *v. a.* Cuir misneach ann, dean dàna e.

Bold-face, *s.* Bathais làidir, ladarnas, mi-mhodhalachd.

Bold-faced, *adj.* Bathaiseach, dàna, ladarna.
Boldly, *adv.* See Bold, *adj.*
Boldness, *s.* 1. Courage, bravery, intrepidity: dànachd, misneachd, treuntachd, neo-sgàthachd. 2. exemption from caution and scrupulous nicety: gaisgeachd, fearalachd, tapachd, treubhachd. 3. freedom, liberty: dànachd, misneachd, oscarachd, neo-sgàthachd, fosgailteachd, saorsachd. 4. confident trust in God: earbsa, muinghinn, dànachd. 5. assurance, freedom from bashfulness: dànachd, misneachd, tapachd, neo-shaidealtachd. 6. impudence: ladarnas, mi-mhodhalachd, droch-oilean.
Bole, *s.* 1. The body, or trunk of a tree: corp-craoibhe. 2. a kind of earth: gnè ùrach. 3. a measure of corn containing six bushels: tomhas bolla gu leth sìl.
Bolis, *s.* Meall geal teine 's an athar, dreug.
Boll, *v. n.* Bi fuidh fhrois.
Boll, *s.* Cuinnlein déise, lurg déise.
Bolster, *s.* 1. Something laid on the bed to raise and support the head: adhart, cluasag, ceann adhairt. 2. a pad, or quilt to hinder any pressure, to fill up any vacuity: adhartan. 3. a pad, or compress to be laid on a wound: còmhdach-loit, adhartan, ceanglach air lot.
Bolster, *v. a.* 1. Support the head with a bolster: aghartaich, cum a suas le ceann-adhairt, càirich cluasag fuidh cheann. 2. afford a bed to: thoir aoidheachd, thoir cuid-oidhche do. 3. hold wounds together with a compress: bruth ri chéile, cuir air an aghart ri chéile. 4. support, hold up, maintain: cum taice ri, cum an àirde, cuir aghartan fuidhe.
Bolstered, *adj.* Séidte, bòcta.
Bolsterer, *s.* Fear-cumail suas cinn, fear-cùil-taice, fear-dìona.
Bolstering, *s.* Taice, adhart.
Bolt, *s.* 1. An arrow, a dart shot from a cross-bow: saighead. 2. lightning, a thunder-bolt: dealan, dealanach, beithir. 3. *bolt upright*, that is upright as an arrow: cho dìreach ri saighead. 4. an iron to fasten the legs of a prisoner: geimheal. 6. a sieve: criathar, rideal.
Bolt, *v. a.* et *n.* 1. Shut, or fasten with a bolt: glais, druid le crann, crann, dùin. 2. blunt out, or throw out precipitantly: labhair gun smuaineachadh, labhair neo-fhaicilleach, dean bruidhean chabhagach. 3. fasten as a bolt, or pin, keep together: dùin, daingnich le crann, cum ri chéile. 4. fetter, shackle: geimhlich, cuir an geimhlibh. 5. sift: criathair, rideil. 6. examine by sifting: rannsaich gu min, criathair, faigh a mach. 7. purify, purge: glan. nigh o shal. 8. spring out with speed and suddenness: grad-leum, briosg.
Bolt-rope, *s.* Còrd-fàitheim siùil, còrd aòire siùil, aoir.
Bolter, *s.* 1. A sieve to separate meal from bran: criathar. 2. a kind of net: seòrsa de lìon-glacaidh.
Bolter, *v. a.* Smeur thairis, còmhdaich le salchar.
Bolting-house, *s.* Tigh-criathraidh.
Bolting-tub, *s.* Cisde-chriathraidh tuba-chriathraidh, pill.
Boltsprit, Bowsprit, } *s.* Crann uisge, crann-spreòid luinge.
Bolus, *s.* Cungaidh-leighis.
Bomb, *s.* 1. A loud noise: toirm, àrd-fhuaim. 2. a hollow iron ball, or shell filled with gun-powder: toirm-shlige, peileir bloighdeach. 3. the stroke upon a bell: clag-fhuaim, buille cluig.
Bomb, *v. a.* et *n.* 1. Fall upon with bombs, bombard: tilg peileirean bloighdeach air, thoir ionnsuidh le toirm-shlige, cuir gunna mòr ris. 2. sound, emit a noise: fuaimnich, thoir bragh asad.
Bombard, *s.* 1. A great gun, a cannon: gunna mòr. 2. a barrel, or large vessel for holding liquors: baraille, soitheach dibhe.
Bombard, *v. a.* See Bomb, *v. a.* et *n.* 1.
Bombardier, *s.* Gunnadair thoirm-shligean.
Bombardment, *s.* Séisd thoirm-shligean, ionnsuidh le peileiribh bloighdeach.
Bombast, *s.* 1. A stuff of soft loose texture, used formerly to swell the garment: lìnig, lìnigeadh. 2. fustian, big words without meaning: spagluinn, baoth-chainnt, sgopraich-bhruidhne, àrd-ghlòir.
Bombast, *adj.* Àrd-ghloireach, baoth-chainnteach, spagluinneach.
Bombast, *v. a.* Séid suas, lìon le baoth-chainnt.
Bombastic, *adj.* See Bombast, *adj.*
Bombastry, *s.* See Bombast, sense 2.
Bombillation, *s.* Fuaim, farum, toirm, gleadhraich, bragh, dranndan.
Bombycinous, *adj.* Siòdail, air a dhèanamh de shìoda.
Bombyx, *s.* An durrag shìoda.
Bonair, *adj.* Sìobhalt, so-lùbaidh, iriosal.
Bonasus, *s.* Damh fiadhaich, damh allda.
Bonchief, *s.* Deadh thuiteamas, deadh chrìoch.
Bond, *s.* 1. Cords, or chains with which any thing is bound: ceangal, cuibhreach, bann, còrd. 2. ligament that holds any thing together: ceangal, còrd. 3. union, connexion: bann, bann-ceangail, comh-cheangal. 4. chains, imprisonment, captivity: geimhlichean, cuibhrichean, braighdeanas. 5. cement of union, link of connexion: bann-ceangail, lùbag-aonaidh. 6. a writing of obligation to pay a sum: bann, daingneachadh, sgrìobhadh. 7. obligation, law by which any one is obliged: ceangal, gealladh.
Bond, *adj.* Ceangailte, tràilleil, daor, fuidh bhruid.
Bondage, *s.* 1. Captivity, imprisonment: braighdeanas, daorsa, bruid, tràillealachd. 2. obligation, tye of duty: ceangal, comain.
Bondmaid, *s.* Ban-tràill, bean an daorsa.
Bondman, *s.* Tràill, tràill-òglach.
Bondservant, *s.* Tràill, neach an daorsa.
Bondservice, *s.* Tràillealachd, daor-chìs.
Bondslave, *s.* Tràill.
Bondsman, *s.* 1. A slave: tràill. 2. a person giving security for another: urras, fear-urrais, ràthan.
Bondswoman, Bondwoman, } *s.* Ban-tràill.

Bone, *s.* 1. The solid parts of the body of an animal made up of hard fibres: cnàimh. 2. a fragment of meat, a bone with as much flesh as adheres to it: cnàimh-feòla.
Bone, *v. a.* Cnàimhich, thoir na cnàmhan as.
Bone-ache, *s.* Goirteas cnàimhe, dòghruinn an cnàimh.
Boned, *adj.* Cnàmhach, mòr, garbh, làidir.
Bone-lace, *s.* Obair lìn.
Boneless, *adj.* Gun chnàimh.
Boneset, *v. n.* Cuir 'n a alt, altaich, cuir 'n a chéile.
Bonesetter, *s.* Léigh chnàmh, olla chnàmh.
Bonfire, *s.* Tein-aighir, tein-aoibhneis.
Bongrace, *s.* Brat-sgàile, còmhdach bathais.
Bonify, *v. a.* Tionndaidh gu buannachd, dean feumail.
Bonity, *s.* Maitheas.
Bon-mot, *s.* Àbhachd, freagairt àbhachdach.
Bonnet, *s.* Boineid, biorraid, ceann-chòmhdach, currachd, ceann-aodach.
Bonnet, *v. n.* Dean ùmhlachd, thoir boineid gu làr.
Bonnibel, *s.* Rìbhinn, steudag, maise-mnà.
Bonnilass, *s.* Nighean àluinn, maise-mnà.
Bonnily, *adv.* See Bonny.
Bonny, *adj.* 1. Handsome, beautiful: bòidheach, maiseach, sgiamhach, àluinn, eireachdail. 2. gay, merry, frolicsome: cridheil, gàireach, laghach, sunndach, suilbhir. 3. in conversation, plump: moileanach, tlachdmhor.
Bony, *adj.* 1. Consisting of bones: cnàmhach, cnàimheach. 2. strong, having large bones: làidir, garbh, mòr-chnàmhach.
Booby, *s.* Buimilear, clod-cheann, umpaidh, asal.
Book, *s.* 1. A volume in which we read or write: leabhar, sgrìobhadh, ròl. 2. a particular part of a work: leabhar, earrann. 3. the register in which the trader keeps an account of his debts: leabhar, leabhar-cunntais. 3. *in books*, in kind remembrance: ann an leabhraichibh, an cuimhne. 4. *without book*, by memory: gun leabhar, air meadhail, air teanga.
Book, *v. a.* 1. Register in a book: cuir sìos an leabhar, sgrìobh an leabhar. 2. have a knowledge of books: bi leabhrach, bi d' shàr sgoilear.
Book-keeper, *s.* Fear-cumail leabhraichean cunntais, sgrìobhair, cléireach, fear-gleidhidh chunntas.
Book-keeping, *s.* Eòlas riann-chunntais, leabhar-choimhead.
Book-binder, *s.* Leabhar-cheangladair, leabhar-cheanglair.
Book-case, *s.* Leabhar-lann.
Bookish, *adj.* Leabhrach, gnàth-leughach, déigheil air leabhraichean.
Bookishly, *adv.* See Bookish.
Bookishness, *s.* Dian-leughadaireachd.
Book-land, *s.* Fearann-còrach.
Booklearned, *adj.* Foghluimte, eòlach mu leabhraichibh.
Booklearning, *s.* Ionnsachadh, sgoilearachd.
Bookless, *adj.* Neo-shuimeil mu leabhraichibh, neo-leabhrach.

Bookmaking, *s.* Leabhar-dheanamh.
Bookman, *s.* Sgoilear, fear-leabhraichean.
Bookmate, *s.* Co-fhoghlumaiche, companach-sgoile, co-sgoilear.
Book-oath, *s.* Mionnan-bìobaill.
Bookseller, *s.* Reiceadair leabhraichean, leabhar-reicear.
Bookworm, *s.* 1. A worm or mite that eats holes in books: reudan-leabhair, leòmann. 2. a student too closely given to books: fear dian leughach, fear ro-thoigheach mu fhoghlum.
Boom, *s.* 1. A long pole used to spread out the clue of the studding sail, &c.: crann sgòid. 2. a pole with bushes or baskets, set up as a mark to shew the sailors how to steer in the channel when the country is overflown: crann-seòlaidh na slighe. 3 a bar of wood laid across a harbour to keep off the enemy: stairsneach acarsaid, spàrr dìona acarsaid.
Boom, *v. n.* 1. Rush with violence: ruith gu luath, dìan-ruith. 2. swell and fall together: tulg, luasgain air bhàrr tuinne.
Boon, *s.* Tiodhlac, tabhartas, gean-maith, saor-thabhartas.
Boon, *adj.* 1. Gay, merry: cridheil, aighearach, sunndach, aobhach, ait. 2. kind, bountiful: caoimhneil, fiùghantach.
Boor, *s.* Balach, ludar, òglach cumanta, uipear, umpaidh.
Boorish, *adj.* Ludarach, neo-sgiobalta, uipearach mi-mhodail, neo-oileanta.
Boorishly, *adv.* See Boorish.
Boorishness, *s.* Ludarachd, neo-sgiobaltachd, uipearachd, mi-mhodhalachd.
Boose, *s.* Buathal, bualaidh.
Boot, *v. a.* 1. Profit, advantage: tairbhich, buannaich, coisinn. 2. enrich, benefit: saoibhrich, dean feum do.
Boot, *s.* 1. Profit, gain, advantage: buannachd, cosnadh, tairbhe. 2. (*to boot*), with advantage, over and above: barrachd, tuilleadh. 3. plunder: cobhartach, creach, faobh. 4. a covering for the legs used by horsemen: bòtuinn, cas-bheart. 5. a kind of rack for the leg: bòtuinn iaruinn. 6. the space between the coachman and the coach: ionad-toisich carbaid.
Boot, *v. a.* Bòtuinnich, cuir ort bòtuinnean.
Boot-catcher, *s.* Gille-bhòtuinn.
Boot-hose, *s.* Mogan, geàrr-osan.
Boot-tree, *s.* Ceap bhòtuinnean.
Booted, *adj.* Bòtuinneach.
Booth, *s.* Bùth, pàilliunn, pùbull, mainnir, bothan.
Bootless, *adj.* 1. Useless, unprofitable, unavailing: neo-tharbhach, neo-fheumail, neo-stàthach, dìomhain, faoin. 2. without success: neo-shoirbheasach, neo-bhuadhach.
Bootlessly, *adv.* See Bootless.
Booty, *s.* 1. Plunder, pillage: cobhartach, creach, spùinneadh. 2. things gotten by robbery: spùinneadh, creach, cobhartach-reubainn. 3. (*to play booty*), dishonest play, with an intent to lose: cluich cuilbheartach, tabbartas cuilbheartach.

Bopeep, *s.* Folach-fead, dìdeagaich.
Borable, *adj.* So-thollaidh, a ghabhas tolladh.
Boramez, *s.* Lus an uain, lus leth-bhcathach.
Borax, *s.* Salann glaodhaidh, salann tàthaidh.
Borborygm, *s.* Rugadaich, fuaim mionaich.
Bordage, *s.* Seilbh fearainn bùird.
Bord-lands, *s.* Fearunn bùird, fearunn cosg tighe.
Bordel, Bordello, *s.* Tigh shiùrsach, druis-thigh.
Bordeller, *s.* Fear-glèidhidh tigh-shiùrsach.
Border, *s.* 1. The outer part or edge of any thing: oir, bil, crìoch, iomal, bruach. 2. the march or edge of a country: crìoch, iomall, oirthir. 3. the outer part of a garment: oir, iomall, bil. 4. a bank raised round a garden, and set with flowers: oir, taobh.
Border, *v. a.* et *n.* 1. Adorn with a border of ornaments. See Imborder. 2. reach, touch, confine upon: ruig, bean, buail, crìochnaich r̄i. 3. keep within bounds: cuir crìoch r̄i, cum a stigh. 4. confine upon, touch something else at the side or edge: crìochnaich r̄i, bean r̄i. 5. approach nearly to: bi teann air, bi 'n̄ taice r̄i, bi dlùth do, bi 's a' chrìch.
Borderer, *s.* 1. He that dwells on the borders: crìochadair, fear-àiteach nan crìoch. 2. he that approaches near to another: coimhearsnach, nàbuidh.
Bordraging, *s.* Ruaig chreach nan crìoch, ionnsuidh chrìoch.
Bore, *v. a.* et *n.* 1. Pierce in a hole: toll, geàrr toll. 2. hollow: cladhaich, tocail, toll. 3. make, by piercing: toll, fosgail le tolladh, cladhaich. 4. pierce, break through: toll trid, cladhaich trid. 5. make a hole: dean toll. 6. push forward towards a certain point: cum air aghart.
Bore, *s.* 1. The hole made by boring: toll. 2. the instrument with which a hole is bored: tora, boireal, inneal-tollaidh. 3. the size of any hole, the cavity: toll, fosgladh, farsuingeachd. 4. a tide swelling above another tide: àrd-làn mara, làn os ceann làin eile.
Bore, *pret.* of Bear, which see.
Boreal, *adj.* Tuathach, 's an àirde tuath.
Boreas, *s.* A' ghaoth tuath.
Borecole, *s.* See Cabbage.
Borer, *s.* Inneal-tollaidh, tora, boireal.
To be born, *v. n.* et *pass.* 1. Come into life: bi beirte. 2. spoken with regard to circumstances; as, he was born a prince: r̄ugadh e 'n̄ a phrionnsa. He was born for greatness: r̄ugadh e air son a bhi mòr.
Borne, *part. pas.* Giùlainte, air a ghiùlan.
Borough. 1. Anciently a surety: urras, ràthan. 2. a town with a corporation: baile mòr, bailemargaidh.
Borrow, *v. a.* 1. Take something from another upon credit: gabh air dhàil, gabh an coingheall. 2. ask of another the use of something for a time: iarr coingheall, iarr iasachd, 3. take something belonging to another: gabh iasad, gabh cuid fir eile. 4. use as one's own though not belonging to one: gabh mar do chuid féin, thoir o.
Borrow, *s.* 1. The thing borrowed: iasad, coingheall. 2. a pledge, a surety: geall.
Borrower, *s.* 1. He that borrows: fear-iasaid, fear-gabhail an coingheall. 2. he that takes what is another's, and uses it as his own: gaduiche, fear-iasachd mhi-mhodhail.
Borrowing, *s.* Iasad, iasachd, coingheall.
Boscage, *s.* 1. Wood or woodlands: coille, doire, fearann coillteach. 2. the representation of woods: samhladh choilltean, dealbh choilltean.
Bosh, *s.* Dealbh, samhladh.
Bosky, *adj.* Coillteach, preasach, coillteachail.
Bosom, *s.* 1. The embrace of the arms holding any thing to the breast: uchd, pasgadh-uchd, dlùthachadh brollaich. 2. the breast, the heart: uchd, brollach, broilleach, cridhe. 3. the folds of the dress that cover the breast: uchd, brollach, uchd-éideadh. 4. inclosure, compass, embrace: uchd, meadhon, caidreamh. 5. the breast, as the seat of the passions: uchd, cridhe. 6. the breast as the seat of tenderness: uchd, cridhe. 7. the breast as the receptacle of secrets: uchd, cridhe. 8. any receptacle close or secret: ionad dìomhair, uchd. 9. the tender affections, kindness, favour: uchd-gràidh, caoimhneas. 10. inclination, desire: rùn, togradh. 11. (in composition), intimacy, confidence, as, bosom friend: uchd, caraid-uchd.
Bosom, *v. a.* 1. Inclose in the bosom: achlaisich, càirich r̄i d' bhroilleach, dlùthaich r̄i d' uchd, caidrich. 2. conceal in privacy: folaich 'n̄ a d' uchd, ceil.
Boss, *s.* 1. A stud, an ornament raised above the rest of the work: copan snasmhor, snas-chopan. 2. the part rising in the midst of any thing: copan, cop, éiridh, cnap, bucaid. 3. a thick body of any kind: cnap, meall, bucaid, pluc.
Bossed, *adj.* Copanaichte.
Bossage, *s.* 1. Any stone that has a projecture, and is laid in a place in a building to be afterwards carved: clach chopanach. 2. rustic work consisting of stones with indentures or channels left in the joinings: clachaireachd chopanach.
Bossive, *adj.* Cam, crotach.
Bossy, *adj.* See Bossed.
Bosvel. *s.* Crotha 'n eich.
Botanic, *s.* Lusragan.
Botanical, Botanic, *adj.* Luibheach, lusach, aig am bheil eòlas air lusan.
Botanically, *adv.* See Botanical.
Botanist, *s.* Lusragan, olla-lus.
Botany, *s.* Eòlas luibheam, lus-eòlas.
Botch, *s.* 1. A swelling or eruptive discoloration of the skin: leus, guirean, plucan. 2. a part in any work ill finished: earrann chearbach.
Botch, *v. a.* 1. Mend or patch clothes clumsily: clùd, clùdaich, càirich gu neo-shnasmhor. 2. mend any thing awkwardly: càirich gu neo-shnasmhor, cuir neo-ealanta r̄' a chéile. 3. put together unsuitably: cuir neo-fhreagarrach r̄' a chéile, cuir

còmh-la gu neo-sheòlta 4. mark with botches: cuir ailtean air, cuir leusan air.

Botcher, *s.* Tàillear clùdach, clùdair, bréidear.

Botchy, *adj.* Leusach, leusachail, clùdach, bréideach.

Bote, *s.* 1. A compensation for a man slain: ìocadh air son marbhaidh, dìoladh mortaidh, éiric. 2. used for any payment: ìocadh, dìoladh, luigheachd.

Both, *adj.* Le chéile, 'n an dithis, araon.

Both, *conj.* Araon, cuideachd, cho maith, mar an ceudna.

Bother, *v. a.* Sàruich, sgìthich, cuir dragh air.

Botryoid, *adj.* Bagaideach, cluigeanach.

Bots, *s.* Botuis each.

Bottle, *s.* 1. A small vessel of glass, or other matter, with a narrow mouth, to put liquors in: searrag, botul. 2. a quantity of wine usually put into a bottle, a quart: botul, càrt, searrag-càirt. 3. a quantity of hay or grass bundled up: muillean, trusan, achlasan. 4. (in composition), bottle-companion: companach-botuil, companach-searraig.

Bottle, *v. a.* Cuir an searragaibh, botulaich.

Bottled, *adj.* Bronnach, air am bheil brù air chumadh searraig.

Bottle-screw, *s.* Bidhis, sgrobha.

Bottling, *s.* Botulachadh, cur deoch an searragaibh.

Bottom, *s.* 1. The lowest part of any thing: ìochdar, màs, grunnd. 2. the ground under the water: ìochdar, grunnd, aigeal. 3. the foundation, the ground work: bun, bunait, ìochdar, stéidh, bonn. 4. a dale, valley or low ground: gleann, srath, fearann ìosal. 5. the part most remote from the view, the deepest part: grunnd, ìochdar. 6. bound, limit: crìoch, ceann, grunnd. 7. the utmost extent of any man's capacity whether deep or shallow: doimhneachd, doimhne, grunnd. 8. the last resort, the remotest cause, first motion: ceud thùs, grunnd, bun. 9. a ship, a vessel for navigation: long, soitheach. 10. a chance, an adventure: cunnart, deuchainn. 11. a ball of thread wound up together: ceirsle. 12. (*bottom*) of a lane: bun, ìochdar, ceann iosal. 13. grounds or dregs: grùid, deasgann.

Bottom, *v. a.* et *n.* 1. Build upon: tog air, bunaitich, stéidhich, suidhich. 2. wind upon, twist thread upon: tachrais, trus uime. 3. rest upon as its ultimate support: bi air do shuidheachadh air, bi stéidhichte air, bunaich air.

Bottomed, *adj.* Màsach, aig am bheil ìochdar, no grunnd.

Bottomless, *adj.* Gun ìochdar, gun ghrunnd, gun aigeal.

Bovate, *s.* Àr bliadhna, cuing dhamh.

Boud, *s.* Daol, durrag.

Bouge, *s.* At a mach, bòc, séid suas.

Bouge, *s.* Lòn, teachd-an-tìr.

Bough, *s.* Meur, geug, meangan, fiùran.

Bought, *part.* Ceannaichte.

Bought, *s.* 1. A twist, a link, a knot: lùb, lùbag, snaidhm. 2. a flexure: cromadh, lùbadh. 3. that part of a sling which contains the stone: glac, meadhon.

Boughty, *adj.* Crotach, crom, lùbach.

Bouillon, *s.* Eun-bhrigh, sùgh feòla, brochan.

Boult, *v. a.* See Bolt.

Bounce, *v. n.* 1. Fall, or fly against any thing with a great force: leum ri, buail ri. 2. spring, make a sudden leap: leum, thoir sìnteag, thoir sùrdag. 3. make a sudden noise: glaodh, fuaimnich. 4. boast, bully: bi spagluinneach, bagair, dean bòsd, dean uaill. 5. be bold, or strong: bi ladarna, bi dàna, bi làidir. 6. be very excellent, applied to the fair sex: bi ro thaitneach.

Bounce, *s.* 1. A strong sudden blow: grad-choilleag, buille gun fhios. 2. a sudden crack, or noise: bragh, crac, farum. 3. a boast, a threat: bòsda, spagluinn, bagradh, dùlan.

Bouncer, *s.* Gaothair, fear-spagluinn, fear-bagraidh, fear-dùlain.

Bound, *s.* 1. A limit, a boundary: crìoch, iomall, ceann. 2. a limit by which any excursion is restrained: crìoch. 3. a leap, a jump, a spring: leum, cruinn-leum, sùrdag, sìnteag. 4. a rebound: leum air ais, ath-leum.

Bound, *v. a.* et *n.* 1. Limit, terminate: crìochnaich, cuir crìoch ri. 2. restrain, confine: bac, pill, druid a stigh, dùin, glais. 3. make to bound: thoir air leum. 4. rebound: leum air t' ais, ath-leum. 5. jump, spring, move forwards by leaps: leum, thoir sìnteag, sùrdagaich, dean frith-leumnaich.

Bound, *part.* Ceangailte.

Bound, *adj.* Suidhichte air dol, a' rùnachadh dol.

Boundary, *s.* Crìoch, comharradh-crìche, ceann, iomall.

Bounden, *part.* Ceangailte, an comain.

Boundenly, *adv.* See Bounden.

Bounder, *s.* 1. A limiter, he who imposes bounds: fear-crìochnachaidh, fear-cuir chrìochan ri. 2. a boundary. See Boundary.

Bounding-stone, / **Bound-stone**, } *s.* Clach-cluiche, clach cleasachd.

Boundless, *adj.* Neo-chrìochnach, gun cheann.

Boundlessness, *s.* Neo-chrìochnachd.

Bounteous, *adj.* Fiùghantach, tabhartach, pàirteachail, fialaidh, toirbheartach, maitheasach.

Bounteously, *adv.* See Bounteous.

Bounteousness, *s.* Fiùghantachd, toirbheartachd, fialachd, maitheas.

Bountiful, *adv.* See Bounteous.

Bountifully, *adv.* See Bounteous.

Bountifulness, *s.* Tabhartachd, fiùghantachd, fialachd, pàirteachd.

Bounty *s.* 1. Generosity, liberality: toirbheartas, fialachd, pàirteachd, aoidheachd, tiodhlac. 2. goodness: maitheas.

Bouquet, *s.* Blàth-fhleasg, bagaid lusan cùbhraidh.

Bourd, *v. n.* Bi àbhachdach, bi ri fearas-chuideachd.

Bourd, *s.* Àbhachd, fearas-chuideachd, feal a dhà.

Bourder, *s.* Fear àbhachd.

Bourdingly, *adv.* Gu h-àbhachdach, am feal a dhà.

Bourgeon, *v. n.* Meanglanaich, failleanaich.

Bourn, *s.* 1. A bound, a limit: crìoch, iomall, oir, ceann. 2. a brook, a torrent: sruthan, allt, brasshruth, beum-sléibhe.

Bouse, *v. a.* et *n.* 1. Swallow : sluig. 2. drink lavishly : òl gu saoibhir, bi pòit.
Bousy, *adj.* Misgeach, air mhisg, froganach, sogan-ach.
Bout, *s.* Tionndadh, car, greis, seal.
Boutade, *s.* Neònachas, faoineas, amaideachd.
Boutisale, *s.* Saor-reic, margadh saor.
Bow, *v. a.* et *n.* 1. Bend, or inflect : crom, lùb, cam, claon. 2. bend the body in token of respect or submission : sleuchd, crom a sìos, lùb do ghlùn, dean ùmhlachd, strìochd. 3. bend, or incline in condescension : crom, lùb. 4. depress, crush : crom, bruth, sàruich. 5. bend, or suffer, flexure : crom, crùb, lùb. 6. make reverence : bi cromadh, sleuchd, ùmhlaich. 7. stoop : crom, lùb. 8. sink under pressure : crom, tuit sìos fuidh.
Bow, *s.* 1. An act of reverence, or submission : cromadh, lùbadh, sleuchdadh, ùmhlachd. 2. an instrument to shoot arrows with : bogha, bogha saighde. 3. a rainbow : bogha-fraise. 4. the instrument with which string instruments are struck : bogha, bogha-ciùil, bogha inneil ciùil. 5. the doubling of a string in a slip knot : lùbag, lùb, snaidhm-ruithe. 6. a yoke : cuing. 7. bow of a saddle : bogha-diallaide. 8. bow of a ship : toiseach.
Bow-bearer, *s.* Boghadair, maor-frìdhe am frìdh an righ.
Bowbent, *adj.* Cam, lùbta.
Bow-hand, *s.* Làmh-tarruing a' bhogha, làmh-bogha, làmh-saighde, an làmh dheas.
Bow-leg, *s.* Lurg cham, no, chrom.
Bow-legged, *adj.* Cam-chosach, lùgach.
Bow-shot, *s.* Urchair-saighde.
Bowable, *adj.* So-lùbaidh, furasd impidh a chur air.
Bowel, *v. a.* Thoir a mach am mionach, thoir an innidh as.
Bowel-less, *adj.* An-iochdmhor, mi-chneasta, neo-thruacanta, cruaidh-chridheach.
Bowels, *s.* 1. The intestines : mionach, innidh. 2. the inner part of any thing : mionach, taobh stigh. 3. the seat of pity, or kindness : cridhe, com. 4. tenderness, compassion : innidh-thròcaire, caomhalachd, iochd, truas.
Bower, *s.* 1. A chamber, a private retirement : seòmar, bùth. 2. a cottage : bothan, bùth. 3. any abode, or residence : tigh, bùth. 4. a shady recess : sgàil-thigh, bothan-samhraidh. 5. one of the muscles which bend the joints : fèithe-chrupaidh. 6. anchors so called : achdair luinge.
Bower, *v. a.* et *n.* 1. Embower, enclose : cuir an sgàil thigh, cuir am bùth. 2. lodge : còmhnuich, tog d' ionad tàimh.
Bowery, *adj.* Sgàileach, bothanach, fionnar, dubharach.
Bowge. See Bouge.
Bowingly, *adv.* Gu crom, gu lùbta.
Bowl, *s.* 1. A vessel to hold liquids : cuach, cupan, soitheach cruinn dibhe. 2. the hollow part of any thing : lag, lagan. 3. a basin, or fountain : amar, tobar. 4. a round mass which may be rolled along the ground : ball cruinn, ball cluiche.
Bowl, *v. a.* et *n.* 1. Roll as a bowl : rol. 2. pelt with any thing rolled : buail le rolladh. 3. play at bowls : cluich le buill.
Bowling-green, *s.* Àilean-bhall, réidhlean bhall.
Bowman, *s.* Boghadair, fear-bogha.
Bownet, *s.* Cliath iasgaich.
Bowse, *v. n.* An so, cuideachd, tarruing cò-luath.
Bowsprit, *s.* Crann-spreòid, crann-uisge.
Bowssen, *v. a.* Bogaich, fliuch, taisich.
Bowstring, *s.* Sreang-bogha, taifid.
Bowyer, *s.* 1. An archer : boghadair, fear-bogha. 2. one whose trade is to make bows : fear-dèanaimh bhoghachan, saor bhoghachan.
Box, *s.* 1. A case made of wood, or other matter, to hold any thing : bocsa, cobhan, ciste. 2. the case of the mariners compass : bocsa na cairt-iùil, ciste-chompaiste. 3. the chest into which money given is put : bocsa 'n airgid. 4. seats in a play-house where the ladies are put : na suidheagain a 's urramaiche an tigh cluiche. 5. a stroke : buille, gleadhar, cnap. 6. boxwood : bucsa, fiodh-bucsach.
Box, *v. a.* et *n.* 1. Inclose in a box : cuir an tasgaidh, càraich am bocsa. 2. rehearse the several points of the compass in their proper order : aithris an òrdugh gach àird do'n chairt iùil. 3. fight with the fists : bocsaich, cnapaich, dean cath dhòrn, dòrnaich, thoir sgailleag do.
Boxen, *adj.* 1. Made of box : bucsach, air a dheanamh do dh'fhiodh bucsach. 2. resembling box : bocsach, air dhreach an fhiodha bhucsaich.
Boxer, *s.* Bocsair, fear-iomairt dhòrn, fear-casgairt.
Boy, *s.* 1. A male child, not a girl : leanabh mic, leanabh gille, giullan, macan. 2. one in the state of adolescence : giullan, gille, balachan, òganach. 3. a word of contempt for young men as noting their immaturity : sean-ghille, giullan.
Boyblind, *adj.* Neo-léirsinneach, neo-fhiosrach.
Boyhood, *s.* Òige, òg-aois.
Boyish, *adj.* 1. Belonging to a boy : leanabail, a bhuineas do bhalachan òg. 2. childish, trifling : leanabail, faoin, socharach, neo-stéidheach.
Boyishly, *adv.* See Boyish.
Boyishness, *s.* Leanabas, leanabaidheachd, faoineachd.
Boyism, *s.* 1. Puerility, childishness : leanabas, leanabaidheachd. 2. the state of a boy : òige, òigead.
Boys-play, *s.* Cluich giullain.
Brabble, *s.* Connsachadh, iorghuill, tuasaid, strì, gleadhraich.
Brabble, *v. n.* Connsaich, dean strì-ghleadhraich.
Brabber, *s.* Fear-còmhstri, buaireadair, fear-gleadhraich.
Brace, *v. a.* 1. Bind, tie close with bandages : ceangail, cuir bann air, teannaich, daingnich. 2. make tense, strain up : dean teann, daingnich, tarruing r'a chéile. 3. surround, encompass : cuairtich, iadh uime.
Brace, *s.* 1. Cincture, bandage : crios, bann, ceangal, teannadan. 2. that which holds any thing tight : teannadan, ceangal, bann, crios, iall-theannaidh. 3. harness : asair, fasair. 4. warlike pre-

paration : armachd, uidheam-cogaidh. 5. the armour for the arm : sgiath, làmh-dhìon. 6. tension, tightness : teannachadh, daingneachadh. 7. a pair : paidhir, dithis, cupull. 8. generally used in conversation as a sportman's word : paidhir, dithis, cupull. 9. applied to men in contempt : cupull, paidhir, dithis.

Bracelet, *s.* 1. An ornament for the arms : làmhfhail, usgar-làimhe. 2. a piece of defensive armour for the arm : sgiath.

Bracer, *s.* 1. A cincture, a bandage : teannadan, crios, bann-teannachaidh. 2. a medicine of constringent power : ìoc-shlaint ńeartachaidh, cungaidh dhaingneachaidh. 3. armour for the arm : sgiath.

Brach, *s.* Galla-thòlair, saidh.

Brachial, *adj.* Gàirdeanach, a bhuineas do 'n ghàirdean.

Brack, *s.* Bealach, beàrn, briseadh.

Bracken, *s.* Raineach.

Bracket, *s.* Ealchainn.

Brackish, *s.* Saillte, air bhlas an t-sàile.

Brackishness, *s.* Saillteachd, neo-ùraireachd.

Bracky, *adj.* See Brackish.

Brad, Toiseach focail, a' ciallachadh leathann.

Brag, *v. n.* Dean uaill, bi ràiteachail, dean bòsd, dean spagluinn, dùlanaich.

Brag, *s.* 1. Boast, proud expression : uaill, ràiteachas, bòsd, spagluinn. 2. the thing boasted : uaill, glòir, aobhar-uaill.

Brag, *adj.* Uaibhreach, mòr-chuiseach, stràiceil, bòsdail, ràiteachail.

Braggadocio, *s.* Fear spagluinneach, gaothaire, fear mòr-uaill.

Braggardise, *s.* Bragaireachd, uaill, bòsd, faoinghlòir, spagluinn.

Braggardism, *s.* Spagluinneachd, uailleachd, bòsd.

Braggard, *s.* See Braggadocio.

Braggart, *adj.* Bòsdail, stràiceil, ràiteachail, spagluinneach.

Bragger, *s.* See Braggadocio.

Bragless, *adj.* Gun uaill, neo-uaibhreach, neo-stràiceil.

Bragly, *adv.* Gu breagha, gu ro thaitneach.

Braid, *v. a.* 1. Weave together : figh, dualaich, cuir an cleachdaibh dualach. 2. upbraid, reproach. See Upbraid.

Braid, *s.* 1. A texture, a complication of something woven together : dual, ni fighte 'ń a dhualaibh. 2. a start : clisgeadh.

Braid, *adj.* Meallta, carach, cuilbheartach.

Brails, *s.* Cùird thogail sheòl luinge.

Brain, *s.* 1. That collection of vessels and organs in the head from which sense and motion arise : eanchainn, eanchaille. 2. that part in which the understanding is placed : eanchainn, ceann, tuigse. 3. the affections : eanchainn. 4. fancy, imagination : inntinn, barail, smuain, mac-meanmna.

Brain, *v. a.* Cuir an eanchainn á, marbh, spad.

Brainish, *adj.* Bras, air boile, mi-chiallach.

Brainless, *adj.* Baogh, faoin, neo-shuidhichte, neo-thuigseach, neo-thùrail, gun eanchainn.

Brain-pan, *s.* Claigeann, claigionn, slige ńa h-eanchainn.

Brainsick, *adj.* Tuaineulach, amaideach, baogh, neo-shuidhichte, neo-thùrail.

Brainsickness, *s.* Amaideachd, gòraich, eutromascinn, mearaichinn.

Brake, *pret.* of Break, which see.

Brake, *s.* 1. A thicket of brambles or thorns : droighionnach, dris, sgitheach. 2. it is said originally to mean fern : raineach. 3. an instrument for dressing hemp or flax : slachdan-lìn, siomaid. 4. the handle of a ship's pump : làmh pìob-thaosgaidh. 5. a baker's kneading trough : amar-fuinidh. 6. a sharp bit or snaffle for horses : cabstair, no, greimiche gobha. 7. that which moves a military engine to any particular point : uidheam giùlain ghunnachan mòra.

Braky, *adj.* Driseach, garbh, deilgneach, làn droighnich.

Bramble, *s.* 1. The blackberry bush, the raspberry bush or hindberry : dris, preas smeur, preas nan sùbhag, feàrr-dhris. 2. (in popular language) any rough prickly shrub : dris, preas driseach.

Brambled, *adj.* Driseach, sgitheach, làn droighnich.

Brambling, *s.* See Chaffinch.

Bran, *s.* Càth, còrlach, garbhan.

Bran-new, *adj.* Ùr-nodha.

Brancard, *s.* Crà-leaba-thogalach.

Branch, *s.* 1. The shoot of a tree from one of the main boughs : meangan, meanglan, meur, geug, fiùran. 2. any member, or part of the whole : meur, earrann, cuid. 3. any part that shoots out from the rest : meur. 4. a small river running into, or proceeding from a larger : meur, earrann. 5. any part of a family descending in a collateral line : meur, glùn. 6. the offspring, the descendant : sliochd, gineal, iarmad. 7. the antlers, or shoots of a stag's horn : cabar féidh, meur-cabair. 8. the branches of a bridle that bear the bit : cinnchabstair sréine.

Branch, *v. a.* et *n.* 1. Divide as into branches : roinn 'ń a mheuraibh, craobh-sgaoil, sgaoil 'ń a earrannaibh. 2. adorn with needle-work : cuir gréis air, tarruing 'n a mheuraibh le snàthad. 3. spread in branches : sgaoil a mach, meur-sgaoil. 4. spread in separate and distinct parts and subdivisions : min-sgaoil. 5. speak diffusely, or with the distinction of the parts of a discourse : bi bith-bhriathrach, labhair air gach ceann do chùis seanchais. 6. have horns shooting out into branches : bi cabrach, bi cròcach.

Brancher, *s.* 1. One that shoots out into branches : fear-cur a mach mheur. 2. (in falconry) a young hawk : seabhag òg, speireag òg.

Branchery, *s.* Cuislean mheas.

Branchiness, *s.* Meanglanachd.

Branchless, *adj.* 1. Without shoots, or boughs : lòm, r isgte, maol, gun mheangan, gun mheur. 2. without any valuable product, naked : gun toradh, lom, rùisgte, maol.

Branchy, *adj.* Meanganach, meanglanach, geugach, dosach, cròcach, cabrach.

Brand, *s.* 1. A stick lighted, or fit to be lighted in the fire: aithine, bioran-teine, bior-dearg, bior tioram, maide connaidh. 2. a sword: claidheamh, lann. 3. a thunderbolt: beithir, gath tàirneinich. 4. a mark made by burning a criminal with a hot iron, a stigma: comharradh tàire, losgadh, mi-chliu, tàmailt. 5. any note of infamy: tàir-losgadh, mi-chliu, comharradh droch dhuine.

Brand, *v. a.* 1. Mark with a brand, or note of infamy: tilg athais air, maslaich, cuir comharradh air le iarunn dearg, loisg.

Brandgoose, *s.* Gèadh fiadhaich.

Brandiron, *s.* Socair phoit air teallach.

Brandish, *v. a.* 1. Wave, or flourish as a weapon: crath, luaisg, tog suas. 2. play with, flourish: crath, cuir mu 'n cuairt gu h-àrd, luaisg.

Brandle, *v. n.* Crithich, bi crathadh, starachasaich.

Brandy, *s.* Branndaidh.

Brangle, *s.* Trod, aimhreit, connsachadh, strì-lagha, brionglaid.

Brangling, *s.* Comh-stri, trod, connsachadh, brionglaid.

Brangle, *v. n.* Trod, connsaich, rach a lagh.

Branny, *adj.* 1. Having the appearance of bran: càthach, garbhanach. 2. consisting principally of bran: càthach, làn garbhain.'

Bransle, *s.* Roimh chéile, dannsa ròpach.

Brant, *adj.* Corrach, cas.

Brasen, *adj.* Umhach, air a dheanamh do dh'umha.

Brasier, *s.* 1. A manufacturer that works in brass: pràisiche, fear-oibreachaidh umha, ceard-umha, umhadair. 2. a pan to hold coals: aghann umha.

Brass, *s.* 1. A yellow metal made by mixing copper with lapis calaminaris: umha, pràis. 2. impudence. See Brass-visaged. 3. used for copper: copar, umha.

Brass-visaged, *adj.* Pràis-ghnuiseach, an-dàna, ladarna.

Brassica, *s.* See Cabbage.

Brassiness, *s.* Pràiseachd.

Brassy, *adj.* 1. Partaking of brass: umhach, mar phràisich. 2. hard as brass: cruaidh mar umha. 3. impudent: an-dàna, ladarna, mar umha, mar phràisich.

Brast, *part.* Briste, sgàinte.

Brat, *s.* 1. A child so called in contempt: isean, garrach, ablach, sìochair, droch leanabh. 2. the progeny, the offspring: linn, clann, sliochd.

Bravado, *s.* Uaill bheadaidh, maoidheadh, spagluinn.

Brave, *adj.* 1. Courageous, daring, bold: misneachail, curanta, dàna, foghainteach, gaisgeil, calma. 2. gallant, having a noble mien, lofty, graceful: gaisgeil, fearail, mòralach, àrd-bheachdail, treun, foinneamh. 3. magnificent, grand: mòralach, urramach. 4. excellent, noble: gasda, òirdheirc, mòralach, urramach. 5. fine, showy: fìnealta, grinn, foinneamh.

Brave, *s.* 1. A hector, a man daring beyond decency, or discretion: baoth-churaidh. 2. a boast, a challenge, a defiance: bòsd, maoidheadh, dùlan.

Brave, *v. a.* 1. Defy, challenge, set at defiance: dùlanaich, maoidh air, tairg cath. 2. carry a boasting appearance of: amhairc misneachail, thoir dùlan, tairg cath. 3. make fine or splendid: maisich, dean àluinn.

Bravely, *adv.* See Brave, *adj.*

Bravery, *s.* 1. Courage, magnanimity, generosity, gallantry: misneach, gaisge, treubhantas, fearalas, curantachd. 2. splendour, magnificence: mòralachd, mòr-chuis, fìnealtachd, grinneas. 3. show, ostentation: greadhnachas, mòr-chuis, spagluinn. 4. bravado, boast: spagluinn, féin-mholadh, faoin-ghlòir.

Bravingly, *adv.* Gu dùlanach, gu ladarna, gu mi-mhodail.

Bravo, *s.* Mortair ceannaichte, fear-marbhaidh air son duais.

Brawl, *v. a.* et *n.* 1. Drive away by noise: cuir air theicheadh le gleadhraich, bodhair. 2. *(fig.)* beat down: buail gu làr, fuaimnich a sìos. 3. quarrel noisily and indecently: trod, dean brionglaid, bi tuaireapach, dean comh-stri. 4. speak loud and indecently: dean gleadhraich, trod, connsaich. 5. make a noise: dean stararaich.

Brawl, *s.* Iorghuill, brionglaid, gleadhraich, strangal, trod.

Brawler, *s.* Fear-iorghuill, balach brionglaideach.

Brawling, *s.* Trod, connsachadh.

Brawlingly, *adv.* Gu connspaideach, gu h-iorghuilleach.

Brawn, *s.* 1. The fleshy, or musculous part of the body: feòil theann, feòil is fèithean. 2. the arm: feòil a' ghàirdein, gàirdean fèitheach. 3. bulk, muscular strength: meud, tomaltas, dòmhlachd, neart-bhall. 4. the flesh of a boar: cruaidh-fheòil tuirc. 5. a boar: torc.

Brawned, *adj.* Làidir, fèitheach.

Brawner, *s.* Torc biadhta.

Brawniness, *s.* Neart, spionnadh, lùths, cruas.

Brawny, *adj.* 1. Musculous, fleshy, bulky: fèitheach, tomadach, làidir, cruaidh-ghreimeach. 2. *(fig.)* hard, unfeeling: cruaidh-chridheach, neo-thruacanta.

Bray, *v. a.* et *n.* 1. Pound, or grind small: pronn, min-phronn, bruth, meil. 2. emit, give vent to: langain, raoichd, ràin, beuc. 3. make a noise as an ass: sitir, raoichd, ràn. 4. make an offensive, harsh, or disagreeable noise: sgreuch, bi sgalartaich.

Bray, *s.* 1. Voice of an ass: sitir asail. 2. harsh sound: sgread, sgreuch, sgalartaich, rànail. 3. a bank of earth: beinge thalmhainn.

Brayer, *s.* 1. One that brays like an ass: sitriche, fear-sitrich, sgreadair. 2. a pounder, or beater of things till they are made very small: pronnadair, bruthadair.

Braying, *s.* Garrag, gleadhraich.

Braze, *v. a.* 1. Solder with brass: tàth le umha, càirich le pràis. 2. harden to impudence: cruadhaich le mi-nàire.

Brazen, *adj.* 1. Made of brass: umhach, air a dheanamh am pràis. 2. impudent: an-dàna, ladarna, mi-nàrach.

Brazen, *v. n.* Bi bathaiseach, bi an-dàna.

Brazen-browed, *adj.* Ladarna, mi-mhodhail, pràis-ghnùiseach.

Brazen-face, *s.* Bathais gun nàire.

Brazen-faced, *adj.* Bathaiseach, beag-narach, ladarna.

Brazenly, *adv.* See Brazen, *adj.*

Brazenness, *s.* 1. Appearance like brass: ni air am bheil coltas umha. 2. impudence: mi-nàire, ladarnas.

Brazier, *s.* See Brasier.

Breach, *s.* 1. The act of breaking any thing: briseadh, fosgladh, sgàineadh. 2. the state of being broken: bealach, beàrn, briseadh, fosgladh. 3. a gap in a fortification: briseadh, fosgladh, bealach, beàrn. 4. the violation of a law, or contract: briseadh, briseadh cùmhnaint. 5. the opening in a coast: fosgladh. 6. difference, quarrel: briseadh, eas-aonachd. 7. infraction, injury: briseadh, dochair.

Bread, *s.* 1. Food made of ground corn: aran. 2. food in general, such as nature requires: aran, biadh, lòn, teachd-an-tìr. 3. support of life at large: teachd-an-tìr, beathachadh.

Bread, *v. a.* Dean leathan.

Bread-chipper, *s.* Fear-gearraidh arain, seirbhiseach suarach.

Bread-corn, *s.* Corc air son arain, arbhar-arain.

Bread-room, *s.* Aran-lann, seòmar an arain.

Breaden, *adj.* Aranach, air a dheanamh do dh'aran.

Breadth, *s.* Leud, farsuingeachd.

Breadthless, *adj.* Aimhleathan.

Chapter, *s.* 1. Division of a book: caibideil. To the end of the chapter: gu ceann crìche. 2. an assembly of the clergy of a cathedral or college church: cléir, cléir aoin eaglais. 3. the place where delinquents receive discipline, or correction: tigh-smachdachaidh. 4. a decretal epistle: litir-bhreith. 5. chapter-house: tigh-cléire.

Chapter, *v. a.* Cronaich, smachdaich.

Chaptrel, *s.* Ceann-mullaich carraigh.

Char, *s.* Seòrsa éisg, tarragan.

Char, *v. a.* et *n.* 1. Burn wood to a black cinder: loisg 'n a ghual, dubh-loisg. 2. perform a business: oibrich, dean obair. 3. work at others houses by the day: dean obair-latha.

Char, *s.* Car, car-oibre, obair-latha.

Char-woman, *s.* Bean-frith-oibre.

Charact, Charect, } *s.* Giosag, seun, sgrìobhadh dìomhair.

Character, *s.* 1. A mark, stamp, or representation: comharradh, samhladh, coltas. 2. a letter, in writing, or printing: litir. 3. the hand, or manner of writing: làmh-sgrìobhaidh. 4. a representation of personal qualities: dealbh, samhladh, coltas. 5. an account of any thing: iomradh, aithris. 6. the personage, the person with his qualities: duine, fear-gnìomha, fear-dèanaimh. 7. particular constitution of the mind: cliù, beusan, biùthas, ainm, iomradh, alladh. 8. adventitious qualities impressed by a post or office: ainm, meas, iomradh.

Character, *v. a.* 1. Inscribe, engrave: sgrìobh, grabhal. 2. describe, denominate, characterize: innis, cuir an céill, dean iomradh mu.

Characterism, *s.* Cliù, iomradh.

Characteristic, Characteristical, } *adj.* Fìor-shamhlachail, coltach ri, a luidheas ri.

Characteristically, *adv.* See Characteristic.

Charactericalness, *s.* Fìor-shamhlachalachd, coltas ri.

Characteristic, *s.* Fìor-chliù, fìor-choltas, coltas àraidh, coltas air leth.

Characterize, *v. a.* 1. Give a character or account of personal qualities: thoir cliù air, thoir teisteas mu, fìor-shamhlaich, aithris buadhan, aithris cliù. 2. mark with a particular stamp, or token: comharraich. 3. engrave, imprint: grabhal, sgrìobh.

Characterless, *adj.* Gun chliù, mi-chliùiteach, gun teist, neo-theisteil.

Charactery, *s.* Comharradh, suaicheantas.

Charade, *s.* Gnè thòimhseachain.

Charcoal, *s.* Gual, gual-fiodha, gual loisgte, gual-gobha.

Charge, *v. a.* et *n.* 1. Entrust with: earb ri, thoir comas do, earb gnothuch ri, cuir mar chùram air. 2. impute as a debt: cuir as leth. 3. impute, as cost, or hazard: gabh ort féin, gabh mar eallaich. 4. impose as a task: cuir air. 5. accuse, censure: cuir as leth, dìt, faigh cron do. 6. challenge, as on oath: gabh mionnan de. 7. command, enjoin: cuir mar fhiachaibh air, cuir impidh air, thoir àithne do. 8. fall upon, attack: buail, thoir ionnsuidh air, thoir ruathar air. 9. burden, load: uallaich, luchdaich. 10. cover with something adventitious: còmhdaich, lìon. 11. load a gun: cuir a stigh urchair, lìon. 12. put to expense: cuir gu

costus, cuir costus air. 13. make an onset : thoir ionnsuidh air.

CHARGE, *s.* 1. Care, custody, trust to defend : cùram, gleidheadh. 2. precept, mandate, command : àithne, impidh. 3. commission, trust conferred, office : cùram, gnothuch, dreuchd. 4. accusation, imputation : casaid, coire. 5. the person or thing entrusted to the management or care of another : cùram. 6. an exhortation, as of a judge to a jury : rabhadh, fios, impidh, soilleireachadh, àithne. 7. expense, cost : costus, cìs. 8. an onset : ionnsuidh, ruathar. 9. the signal to fall upon enemies : gairm-chatha, éighe-chòmhraig. 10. the posture of a weapon fitted for the attack or combat : socair, lagh. 11. a load, or burthen : eallach, sac. 12. what any thing can bear : làn. 13. the quantity of powder and ball put into a gun : làn-urchair. 14. (in farriery) : acfuinn-shuathaidh. 15. (in heraldry) : dreach, dreach air dhreach.

CHARGEABLE, *adj.* 1. Expensive, costly : daor, costail. 2. imputable as a debt or crime : air a chur as leth, air 'fhagail air. 3. subject to charge or accusation : fosgailte do choire, buailteach do choire, buailteach do chasaid.

CHARGEABLENESS, *s.* Daorachd, daorad, costalachd.

CHARGEABLY, *adv.* See Chargeable.

CHARGELESS, *adj.* Saor, air bheag costuis.

CHARGER, *s.* 1. A large dish : mias, mias mhòr. 2. the horse of a military officer : each-cogaidh, steud-each.

CHARILY, *adv.* Gu faicilleach, gu stuama.

CHARINESS, *s.* Faiceall, ro-aire, pongalachd.

CHARIOT, *s.* Carbad.

CHARIOT-MAN, } *s.* Carbadair.
CHARIOTEER, }

CHARIOT-RACE, *s.* Coimhliong charbad.

CHARITABLE, *adj.* 1. Kind in giving alms, liberal to the poor : oircheasach, déirceach, carthannach, tabhartach. 2. kind in judging of others, benevolent : seirceil, caoimhneil, maitheasach, daonnach.

CHARITABLENESS, *s.* Oircheasachd, carthannachd, tabhartachd, seircealachd, caoimhnealachd, maitheasachd, daonnachd.

CHARITABLY, *adv.* See Charitable.

CHARITATIVE, *adj.* Caoimhneil, maitheasach, teòchridheach.

CHARITY, *s.* 1. Tenderness, kindness, love : caoimhneas, carthannas, gràdh, seirc. 2. good-will, benevolence : gean-maith, daonnachd, seirc, maitheas. 3. (theologically) : seirc, gràdh. 4. liberality to the poor : oircheasachd, fialuidheachd, déirceachd, tabhartachd. 5. alms : oircheas, déirc.

CHARL, *v. a.* See Char, *v.*

CHARLATAN, *s.* Cleasaiche, léigh-chleasaiche, baothfhear, mealltair.

CHARLATANICAL, *adj.* Baoth, baoth-chleasach, mealltach.

CHARLATANRY, *s.* Baoth-chleasachd, mealltachd, baothaireachd.

CHARLES'S-WAIN, *s.* An crann, an crann-arain.

CHARLOCK, *s.* Carran buidhe.

CHARM, *s.* 1. Words imagined to have some occult power : geas, giosag, rùn, seun. 2. something of power to subdue opposition, and gain the affections : druidheachd, buitseachd, tàlaidh, cumhachd-tàlaidh, mealladh-gràidh.

CHARM, *v. a.* et *n.* 1. Fortify with charms against evils : seun, cuir seun air, cuir fuidh gheasaibh. 2. make powerful by charms : dean buadhach le geasaibh. 3. summon by incantation : gairm le druidheachd, thoir an làthair le geasaibh. 4. subdue by some secret power, amaze, overpower : cuir fuidh gheasaibh, cuir druidheachd air. 5. subdue the mind by pleasure : coisinn, buadhaich mar le geasaibh, lùb, làn-thoilich. 6. tune, temper : gleus, cuir air ghleus, 7. sound harmonically : seinn, seinn gu fonnmhor.

CHARMED, *adj.* Fuidh gheasaibh, seunta.

CHARMER, *s.* 1. One that has the power of charms, or enchantments : fear-druidheachd, druidh, geasadair. 2. word of endearment : gràidhean, gràidheag, gràdhan, gràdhag.

CHARMERESS, *s.* Ban-dhruidh.

CHARMFUL, } *adj.* Gràdhach, ion-ghràdhach, uil'-
CHARMING, } thaitneach, grinn.

CHARMINGLY, *adv.* See Charming.

CHARMINGNESS, *adj.* Grinneas, taitneachd, ionghràdhachas.

CHARNEL, *adj.* Cairbheach, làn feòla.

CHARNEL-HOUSE, *s.* Tigh-adhlacaidh, slochd-adhlaic.

CHART, *s.* Cairt, cairt-iùil.

CHARTER, *s.* 1. Written evidence of things done between man and man : sgrìobhadh, cùmhnant sgrìobhta, bann sgrìobhta. 2. any writing bestowing privileges, or rights : còir sgrìobhta, daingneachd sgrìobhta. 3. privilege, immunity, exemptiom : dlighe, sochair, cead, saorsa.

CHARTER-LAND, *s.* Fearann saor, fearann fuidh bhann.

CHARTULARY, *s.* Cartulary.

CHARY, *adj.* Faicilleach, glic, ciallach, sicir.

CHASE, *v. a.* 1. Hunt : sealg, ruaig. 2. pursue as an enemy : ruag, ruaig, lean. 3. drive away : fuadaich. 4. follow as a thing desirable : lean, bi an tòir air, sir. 5. drive : iomain. 6. of metals. See Enchase.

CHASE, *s.* 1. Hunting : sealg, faoghaid. 2. pursuit of any thing, as game : tòir. 3. fitness to be hunted : sealg. 4. pursuit of an enemy : tòir, tòrachd. 5. pursuit of something as desirable : tòir, sireadh, iarruidh. 6. the game hunted : sithionn. 7. open ground stored with such beasts as are hunted : frìdh, faiche-seilg. 8. the chase of a gun : fad gunna 's an leth stigh.

CHASEABLE, *adj.* So-shealgta, ion-shealgach.

CHASER, *s.* 1. A hunter, pursuer, or driver : sealgair, fear-ruagaidh, fear-iomain. 2. an enchaser : fear-grabhalaidh.

CHASM, *s.* Sgàineadh, sgoltadh, fosgladh, beàrn, fàslach.

CHASMED, *adj.* Sgàinte, sgoilte, làn-bhcàrn.

CHASTE, *adj.* 1. Pure from all commerce of sexes : geamnuidh. 2. (of language) : glan, diongmholta,

fìor-ghlan. 3. free from obscenity: geamnuidh, neo-thruaillidh, glan. 4. true to the marriage bed: geamnuidh.
Chaste-eyed, *adj.* Mâlda, mìn-shuileach, stuam-shuileach.
Chaste-tree, *s.* Geanm-chraobh.
Chastely, *adv.* See Chaste.
Chasten, *v. a.* Cronaich, smachdaich, peanasaich, claoidh.
Chastener, *s.* Fear-cronachaidh, fear-smachdach-aidh.
Chasteness, *s.* 1. Chastity, purity: geamnuidh-eachd. 2. purity of writing: gloine, gloine-bhriathar.
Chastise, *v. a.* 1. Punish, correct for faults: smachdaich, cronaich. 2. reduce to order, or obedience, repress, restrain, awe: ceannsuich, ùmh-laich, thoir fuidh smachd, bac, cuir fuidh eagal.
Chastisement, *s.* Smachdachadh, cronachadh, ceannsachadh.
Chastiser, *s.* Fear-smachdachaidh, fear-cronach-aidh, fear-ceannsachaidh.
Chastity, *s.* 1. Purity of the body: geamnuidh-eachd. 2. freedom from obscenity: gloine, geam-nuidheachd. 3. freedom from bad mixture of any kind: gloine, neo-thruaillidheachd.
Chat, *v. n.* Dean còmhradh, dean frith-labhairt, dean frith-bhruidhean, dean gobaireachd, dean biolasgadh.
Chat, *s.* Biolasgadh, gobaireachd, frith-chòmhradh, frith-bhruidhean.
Chateau, *s.* Caisteal.
Chatelet, *s.* Caisteal beag.
Chattel, *s.* Maoin, àirneis.
Chatter, *s.* 1. Make a noise as a pie, or an unharmonious bird: dean cànran. 2. make a noise by collision of the teeth: dean snagardaich fhiacall. 3. talk idly, or carelessly: dean faoin-chòmhradh.
Chatter, *s.* Goileam, sgeilm.
Chatterbox, *s.* Sgeilmear, sgeilmeag, fear goileam-ach, fear-spagluinne, gobaire.
Chatterer, *s.* Gobaire, fear-spagluinne, sgeilmear.
Chattering, *s.* See Chatter, *s.*
Chatty, *s.* Sgeilmearra, gobach, spagluinneach, faoin-bhruidhneach, frith-bhriathrach.
Chatwood, *s.* Connadh, meanbh-chonnadh.
Chaun, *s.* See Chasm.
Chaunt, *v. n.* See Chant, *v.*
Chaw, *v. a.* See Chew.
Chaw, *s.* Càirean beathaich.
Chawdron, *s.* Mionach.
Cheap, *adj.* 1. To be had at a low rate: saor. 2. of small value, not respected: neo-mheasail, air bheag meas.
Cheapen, *v. a.* Lughdaich, no beagaich luach, leag prìs.
Cheapener, *s.* Fear-lughdachaidh prìse.
Cheaply, *adv.* See Cheap, *adj.*
Cheapness, *s.* Saorachd.
Chear, *s.* et *v.* See Cheer.
Cheat, *v. a.* Meall, thoir an car as, dean foill air.
Cheat, *s.* 1. A fraud, a trick, an imposture: foill, feall, car. 2. a person guilty of fraud: mealltair fear-foille, slaightear.
Cheatableness, *s.* Mealltachd, mealltaireachd, foillealachd.
Cheat-bread, *s.* Aran geal, aran daor.
Cheater, *s.* See Cheat, 2.
Check, *v. a.* et *n.* 1. Repress, curb: caisg, bac, grab, cum fuidh smachd. 2. reprove, chide: cron-aich, achmhasanaich. 3. compare a bank note, or other bill with the correspondent paper: co-shamhluich, samhluich r' a chéile. 4. controul by a counter-reckoning: ath-shocruich, ath-shamh-luich. 5. stop, make a stop: stad, dean stad. 6. clash, interfere: buin ri, cuir stad air. 7. strike with repression: buail air ais.
Check, *s.* 1. Repressure, stop, rebuff, sudden restraint: bacadh, ath-bhacadh, grabadh, ath-ghrab-adh, stad. 2. restraint, curb, government: smachd, uachdranachd, riaghladh. 3. a reproof, a slight: achmhasan, tàmailt. 4. a dislike, a sudden disgust: fuath, grad-fhuath, gràin. 5. (in falconry): seacharan. 6. the person checking, the cause of restraint: smachd, fear-smachdachaidh, grabadh, fear-grabaidh. 7. any stop, or interruption: stad, grabadh, bacadh. 8. the corresponding cipher of a bank-bill: ath-chuid bainn airgid. 9. linen cloth fabricated in squares: breac-aodach lìn.
Checker, } Chequer, } *v. a.* Breac, stiallaich, tarruing stiallan tarsuing.
Checker, } Checker-work, } *s.* Aodach breac, breac-ghrinneas, obair-iom-dhathach.
Checker, } Chequer, } *s.* Bòrd-thàileasg.
Checker, *s.* Fear-achmhasain, fear-cronachaidh, fear-riaghlaidh.
Checkless, *adj.* Neo-smachdaichte, gun smachd.
Cheek, *s.* Gruaidh, leth-cheann, bac, gial, leac.
Cheek-bone, *s.* Gial, cnaimh-giala, peirceall.
Cheek by jowl, *adv.* Leth-cheann ri leth-cheann, gial ri geal.
Cheektooth, *s.* Cùlag, fiacaill-chùil.
Cheer, *s.* 1. Entertainment, provisions served at a feast: cuirm, cuilm, biadh-cuirme. 2. invitation to gaiety: faoilte, gairm-subhachais. 3. gaiety, jollity: aighear, aobhachd, aoibhneas. 4. air of the countenance: dreach, aogas, snuadh. 5. temper of mind in general: gean, misneach. 6. acclamation, shout of triumph, or applause: caith-ream, luathghair.
Cheer, *v. a.* et *n.* 1. Incite, encourage, inspirit: misnich, brosnuich, tog inntinn. 2. comfort, console: sòlasaich, comhfhurtaich, thoir sòlas do. 3. gladden: dean aoibhneach, dean subhach, dean àit. 4. grow gay, or gladsome: tog do chridhe, fàs aoibhneach, fàs cridheil.
Cheerer, *s.* Fear-comhfhurtachd, fear-sòlais, fear-togail misnich.
Cheerful, *adj.* 1. Gay, full of life, full of mirth: àit, suilbhir, aoibhinn. 2. having an appearance of gaiety: suilbhir. 3. causing cheerfulness: aig-eantach, aighearach, a thogas gean.
Cheerfully, *adv.* See Cheerful.

Cheerfulness, *s.* 1. Freedom from dejection, alacrity: sùrd, suigeart, sùrdalachd, sunnd. 2. freedom from gloominess: toil-inntinn, cridhealas, beothalachd.
Cheerily, *adv.* See Cheerful.
Cheerless, *adj.* Dubhach, fuidh ghruaim, neo-shuilbhir, neo-shunndach.
Cheerly, *adj.* See Cheerful.
Cheerly, *adv.* See Cheerful.
Cheery, *adj.* Suilbhir, ait, aoibhneach, aoibhinn.
Cheese, *s.* Càise, càis.
Cheeseparing, *s.* Rùsg càise.
Cheesepress, *s.* Fiodhan.
Cheesevat, *s.* Soitheach-mulachaig, fiodhan.
Cheesy, *adj.* Càiseach, mar chàise.
Chely, *s.* Òrdag mhòr.
Chemise, *s.* 1. A shift: lèine boirionnaich. 2. (in (fortification): balla-dìona.
Chemistry, *s.* See Chymistry.
Chequer, *v. a.* See Checker.
Chequer, *s.* See Treasury.
Chequer-work, *s.* See Checker-work.
Cherish, *v. a.* Eiridinn, eiridnich, altrium, àraich, tog, dìon, thoir fasgadh do.
Cherisher, *s.* Fear-eiridnidh, fear-altruim, fear-dìonaidh.
Cherishing, *s.* Eiridneachadh, altrum, àrach, fasgadh.
Cherishingly, *adv.* Gu h-eiridneach.
Cherry, **Cherry-tree**, *s.* Sirist, craobh-shirist.
Cherry, *adj.* Siristeach.
Cherry-cheeked, *adj.* Gruaidh-dhearg, gruaidhruiteach.
Chert, *s.* Clach-spoir.
Cherub, *s.* Focal Eabhruidheach, (a' ciallachadh), aingeal nèamhaidh.
Cherubin, *s.* See Cherub.
Chervil, *s.* Cos-uisge.
Cheruf, *v. n.* Dean ceileirean, deon faoin-ghuth binn.
Chesible, *s.* Léine-sagairt.
Cheslip, *s.* Clachair, gnè bhéisteig, corra-chosag.
Chess, *s.* Tàileasg, cluiche fear-feòirne.
Chess-board, *s.* Bòrd-fhear-feòirne.
Chess-man, *s.* Fear-feòirne.
Chess-player, *s.* Fear-cluiche, fear-feòirne.
Chessom, *s.* Maoth-thalamh.
Chest, *s.* 1. A box of wood or other materials: ciste, cobhan. 2. the trunk of the body: com, cliabh.
Chest, *v. a.* 1. Lay up in a chest: cuir an ciste. 2. place in a coffin: càirich an ciste-luidhe.
Chest-foundering, *s.* Galar-cléibh am measg each.
Chested, *adj.* 1. Having a chest: cisteach. 2. broad-chested: cliabh-fharsuing.
Chestnut, **Chestnut-tree**, *s.* Geanm-chno, craobh-gheanmchno.
Chestnut, **Chesnut**, *s.* Dath donn.
Chevalier, *s.* Ridir.
Cheveril, *s.* 1. A kid: meann. 2. kid-leather: minicionn.

Chew, *v. a.* et *n.* 1. Grind with the teeth, masticate: cagain, cnàmh. 2. meditate, or ruminate in the thoughts: cnuasaich, beachd-smuainich. 3. taste without swallowing: blais. 4. champ upon: cagain, criom. 5. ruminate: cnàmh do chìr.
Chew, *s.* Greim, mìr-cagnaidh.
Chewing, *s.* Cagnadh.
Chicane, *s.* 1. Art of protracting a contest by petty objection and artifice: brionglaid-char, innleachd, cuilbheirtean. 2. artifice in general: feall, foill, car, staraidheachd.
Chicane, *v. n.* Dean brionglaid-char, cleachd cuilbheirtean.
Chicaner, *s.* Fear carach, fear-chuilbheirtean, mealltair.
Chicanery, *s.* Feall, foill, foillealachd, cuilbheirteachd.
Chiches, *s.* Peasar nan luch.
Chichling vetch, *s.* See Chiches.
Chick, **Chicken**, *s.* 1. The young of a bird: isean. 2. a word of tenderness: isean. 3. a term for a young person: isean.
Chick, *v. n.* Fàs, cinn 'n a fhochann.
Chicken-hearted, *adj.* Gealtach, cladharach.
Chicken-pox, *s.* A' bhreac-òtraich.
Chickling, *s.* Isean.
Chick peas, *s.* Peasar nan luch.
Chickweed, *s.* Fliogh, fluth.
Chide, *v. a.* et *n.* 1. Reprove, check, correct with words: cronaich, achmhasanaich. 2. drive with reproof: bagair, cuir air ais le bagair. 3. blame, reproach: coirich, cuir coire as leth. 4. clamour, scold: troid. 5. quarrel with: troid, cuir a mach air. 6. make a noise: fuaimnich, dean fuaim.
Chide, *s.* Fuaim, borbhan.
Chider, *s.* Fear-cronachaidh, fear-achmhasain, fear-coireachaidh. See Chide, *v.*
Chiding, *s.* 1. Rebuke, contention, quarrel: achmhasan, trod, aimhreit, buaireas. 2. noise, sound: fuaim.
Chidingly, *adv.* Gu trodach, gu h-aimhreiteach, gu buaireasach, gu fuaimneach.
Chief, *adj.* 1. Principal, most eminent, above the rest: air thoiseach, ceud, àraidh, sònruichte, prìomh. 2. eminent, extraordinary: ainmeil, measail, eug-samhuil. 3. capital, of the first order, that to which other parts are inferior: àrd, prìomh, sònruichte, àraidh, còrr, mòr, flathail.
Chief, *s.* 1. A military commander, a leader of armies: ceann, ceannard, ceann-feadhna, ceann-iùil. 2. (in heraldry): ceann, ceann. 3. (in the Highlands of Scotland) of a clan: cleann-cinnidh, ceann, àrd-fhlath.
Chiefage, or **Chevage**, *s.* Airgiod-cinn.
Chiefly, *adv.* See Chief, *adv.*
Cheiftain, *s.* 1. A leader, a commander: ceann, ceannard, ceann-feadhna. 2. the head of a clan: ceann-cinnidh, ceann-cinneil, ceann-tighe.
Chieftainry, **Chiestainship**, *s.* Ceannas-cinnidh, ceann-tigheachd.
Chilblain, *s.* Cusp, fuachd-at, meallan-tachais.
Child, *s.* 1. An infant, or very young person:

leanabh, naoidhean, cìocharan, pàisde, urra, maothran. Children: clann. 2. one in the line of affiliation, opposed to parent: leanabh, mac, nighean. 3. the descendants of a man, how remote soever: gineal, sliochd, clann, iarmad. 4. in scripture, one weak in knowledge: leanaban. 5. any thing the product, or effect of another: buaidh, toradh. 6. with child: leth-tromach, torrach.

Child, *v. a.* et *n.* 1. Bring forth children: beir. 2. bring children: beir do.

Child-bearing, *s.* Breith-cloinne, saothar-chloinne.

Childbed, *s.* Leabaidh-shiùbhla, luidhe-siùbhla.

Childbirth, *s.* Aisead, saothar-chloinne.

Childermasday, *s.* Latha na cloinne naoimh, latha seachantach àraidh.

Childhood. *s.* Leanabachd, leanabas, leanabaidheachd, naoidheachanachd.

Childish, *adj.* 1. Having the qualities of a child, trifling, ignorant, simple: leanabail, leanabaidh, leanbail, leanabanta, aineolach. 2. becoming only children, trifling, puerile: faoin, leanabaidh.

Childishly, *adv.* See Childish.

Childishmindedness, *s.* Faoineachd, leanabaidheachd.

Childishness, *s.* 1. State of a child, puerility, triflingness: leanabachd, leanabaidheachd, faoineachd. 2. harmlessness: neo-chiontachd, naoidheanachd.

Childless, *adj.* Gun chlann, gun sliochd, aimrid.

Childlike, *adj.* Mar leanaban, leanabail, naoidheanach.

Chiliad, *s.* Mìle.

Chiliarch, *s.* Ceannard mìle.

Chill, *adj.* 1. Cold to the touch: fuar, fuaraidh, fionnar. 2. having the sensation of cold, shivering with cold: air fuachd, air chrith le fuachd, fuar. 2. not warm, not forward: neo-aoidheil, neo-ghineil, neo-shunndach. 4. depressed, dejected, discouraged: fuidh sprochd, dubhach, fuidh mhi-ghean. 5. unaffectionate, cold of temper: mi-chàirdeil, mi-chaoimhneil, fuaraidh, mi-dhàimheil.

Chill, *v. a.* 1. Make cold: fuaraich, fionnfhuaraich. 2. depress, deject, discourage: dean muladach, dean dubhach, mi-mhisnich. 3. blast with cold: searg le fuachd.

Chilliness, *s.* Crith-fhuachd, fionnfhuarachd.

Chilly, *adj.* Fionnfhuar, fuar.

Chilly, *adv.* See Chill, and Chilly, *adj.*

Chillness, *s.* See Chilliness.

Chimb, *s.* Ceann, ceann-baraille, màs tuba.

Chime, *s.* 1. The consonant sound of many instruments: co-sheirm, co-fhonn, còrdadh-fhuaim. 2. the correspondence of sound: co-fhonnmhorachd, co-fhuaimneachd. 3. the sound of bells struck with hammers: co-sheirm. 4. the correspondence of proportion or relations: co-fhreagarrachd, co-ionannacbd, co-chòrdadh.

Chime, *v. a.* et *n.* 1. Cause to sound harmonically: tog co-sheirm, buail gu co-sheirmeach. 2. strike a bell with a hammer: buail clag le h-òrd. 3. sound in harmony: co-sheirmich, dean co-sheirm, co-fhuaimnich. 4. correspond in relation, or proportion: co-fhreagair. 5. agree, fall in with: co-chòrd, co-aontaich, aontaich le. 6. suit with, agree: còrd ri, taitinn ri, freagair do.

Chimera, *s.* Breisleach, faoin-dhealbh, faoin bheachd.

Chimerical, *adj.* Breisleachail, faoin-bheachdail.

Chimerically, *adv.* See Chimerical.

Chiminage, *s.* Cìs rathaid.

Chimney, *s.* 1. The passage through which the smoke ascends: luidheir, fàrlus. 2. the chimney top: binneag. 3. the fire-place: tinntean, cagailte.

Chimney-corner, *s.* Cùil na cagailte, taobh na grìosaich.

Chimney-money, *s.* Airgiod-cagailte.

Chimney-piece, *s.* Bràighe-cagailte.

Chimney-sweeper, *s.* Sguabair luidhear, dubh-sguabair.

Chin, *s.* Smig, smigead.

Chinned, *adj.* Smigeach, smigeadach.

China, *s.* See Porcelain.

Chincough, *s.* Triuthach, an triuthach.

Chine, *s.* Dronnag, mìr droma, cliathag.

Chined, *adj.* Dronnagach.

Chingle, *s.* See Channel.

Chink, *s.* Sgoltadh, sgàineadh, gàgadh.

Chink, *v. a.* et *n.* 1. Sound by striking each other: gliong. 2. break into apertures, or chinks: sgàin, sgoilt. 3. open, or gape: sgàin, sgoilt. 4. shake so as to make a sound: thoir gliongadh air.

Chinky, *s.* Gàgach, sgàinte.

Chints, *s.* Aodach canaich dreachmhor.

Chiopinne, *s.* Bròg àrd.

Chip, *v. a.* et *n.* 1. Cut into small pieces, cut away a little at a time: pronn, snaidh. 2. break, or crack: sgàin, sgoilt.

Chip, *s.* Sliseag, mìr, bloighdeag, bloigheag.

Chip-axe, *s.* Tuadh-shnaidhidh.

Chipping, *s.* Sliseag, sgealb.

Chiragra, *s.* See Gout.

Chirk, *v. n.* See Chirp.

Chirograph, *s.* Sgrìobhadh, bann-sgrìobhta, ùmhladh.

Chirographer, *s.* Fear-sgrìobhaidh, fear-sgrìobhaidh ùmhlaidhean an cùirt-lagha.

Chirography, *s.* Sgrìobhadh, làmh-sgrìobhaidh.

Chiromancer, *s.* Deàrnadair.

Chiromancy, *s.* Deàrnadaireachd.

Chirp, *v. a.* et *n.* 1. Make cheerful: tog fonn air. 2. make a cheerful noise as birds without singing: dean crònan, dean dùrdan, dean bìdeil.

Chirp, *s.* Bìdeil, ceileirean, bìd.

Chirper, *s.* Bìdear, ceileiriche, fear-dùrdain.

Chirping, *s.* See Chirp.

Chirurgeon, *s.* See Surgeon.

Chirurgery, *s.* See Surgery.

Chisel, *s.* Geilb, sgeilb.

Chisel, *v. a.* Oibrich le geilb, geàrr le geilb.

Chit, *s.* 1. A child, a baby, (in contempt): isean. 2. the shoot of corn from the end of the grain: boinne bàn. 3. a freckle: ball brice.

Chit, *v. n.* Thig, thig a mach mar fhochann.

Chitchat, *s.* Pronn-chainnt, gobaireachd, frithbhruidhean.

Chitter, *v. n.* See Chatter.

CHITTERLINGS, *s.* Mionach, greallach.
CHITTY, *adj.* 1. Childish, like a baby: leanabaidh, iseanach. 2. full of chits, or warts: breac, foinneach.
CHIVALROUS, *adj.* Gaisgeil, euchdach, gaisgeanta, àrd-ghaisgeil.
CHIVALRY, *s.* 1. Knighthood: ridireachd. 2. qualifications of a knight, valour, dexterity in arms: ridireachd, euchd, euchdalachd, àrd-ghaisgealachd. 3. the general system of knighthood: ridireachd. 4. an adventure, an exploit: euchd-ghnìomh, treubhantas, deuchainn.
CHIVES, *s.* 1. Threads, or filaments of flowers with seeds at the end: meanbh-cholg luibhe. 2. a species of small onion: gnè uinnein.
CHLOROSIS, *s.* An tinneas uaine.
CHOAK, *v. a.* See Choke.
CHOCK, *s.* See Shock, *s.*
CHOICE, *s.* 1. The act of chusing, determination between different things proposed: roghadh, roghainn, taghadh. 2. the power of chusing, election: taghadh, comas-taghaidh. 3. care in choosing, curiosity of distinction: aire, ro-aire, cùram-taghaidh. 4. the thing chosen, the thing approved in preference to others: roghainn, roghadh. 5. the best part of any thing: a' chuid a 's fèarr, taghadh, brod.
CHOICE, *adj.* 1. Select, of extraordinary value: taghta. 2. chary, frugal, careful: cùrramach, caomhantach, faicilleach.
CHOICE-DRAWN, *adj.* Taghta le cùram, ro-thaghta.
CHOICELY, *adv.* See Choice, *adj.*
CHOICENESS, *s.* Luachmhorachd, luach.
CHOIR, *s.* 1. An assembly, or band of singers: coisir-chiùil, luchd-ciùil. 2. singers in divine worship: luchd-seinn ann an eaglais. 3. the part of the church where the choristers are placed: ionad-ciùil, ann an eaglais.
CHOKE, *v. a.* 1. Suffocate: tachd. 2. stop up, obstruct: mùch. 3. hinder by obstruction, or confinement: amail, dùin suas. 4. suppress: cuir as, mùch. 5. overpower: mùch, faigh buaidh air.
CHOKE-FULL, *adj.* Lom-làn.
CHOKER, *s.* 1. One who suffocates another: tachdadair, fear-tachdaidh. 2. one that puts another to silence: fear-druididh beòil. 3. any thing that cannot be answered: ni nach gabh freagradh, focal gun àicheadh.
CHOKY, *adj.* A thachdas, a mhùchas.
CHOLER, *s.* 1. The bile. See Bile. 2. the humour supposed to produce irascibility: leanntan ainmeinn, leanntan frionais. 3. anger, rage: fearg, corruich, ascaoin.
CHOLERA MORBUS, *s.* Galar àraidh, a' bhuinneach mhòr.
CHOLERIC, *adj.* 1. Abounding with choler. See Bilious. 2. irascible: feargach, lasanta, cas, frionasach.
CHOLERICNESS, *s.* Feargachas, lasantachd, caise, frionasachd.
CHOOSE, *v. a.* et *n.* 1. Take by way of preference: tagh, roghnaich. 2. take, not to refuse: gabh. 3. select, pick out of a number: tagh. 4. elect for eternal happiness: tagh. 5. have the power of choice: gabh mar roghainn.
CHOOSER, *s.* Fear-taghaidh, fear-roghnachaidh.
CHOOSING, *s.* Taghadh, rognachadh.
CHOP, *v. a.* et *n.* 1. Cut with a quick blow: sgud, geàrr le buille. 2. devour eagerly: sluig suas, dian-shluig. 3. mince, cut into small pieces: pronn, min-phronn. 4. break inso chinks: sgoilt, sgàin. 5. do any thing with a quick and unexpected motion: grad-atharraich, grad-thionndaidh, thoir grad ionnsuidh. 6. catch with the mouth: thoir glamadh air, glam. 7. light, or happen upon a thing suddenly: grad-amais air. 8. purchase by way of truck: malairtich, dean màlairt, suaib. 9. put one thing in place of another: iomlaidich, cuir aon ni'an àite ni eile. 10. bandy, altercate, return one thing, or word for another: thoir focal air an fhocal, no, thoir ni air ni.
CHOP, *s.* 1. A piece chopped off. See Chip. 2. a small piece of meat, commonly of mutton: staoig muilt-fheoil. 3. a crack, or cleft: sgàineadh, sgoltadh, gàg.
CHOP-FALLEN, *adj.* See Chap-fallen.
CHOP-HOUSE, *s.* Tigh-staoige, tigh-itheanaich.
CHOPIN, *s.* Seipin.
CHOPPER, *s.* Tuadh feòladair.
CHOPPING, *s.* 1. Act of merchandizing: reiceadh, no, ceannach. 2. altercation: ath-thilleadh fhocal, trod, comh-fharpuis.
CHOPPING-BLOCK, *s.* Ealag.
CHOPPING-KNIFE, *s.* Sgian-chocaireachd.
CHOPPY, *adj.* Làn tholl, lan sgàinidhean, làn sgoltaidhean, gàgach.
CHOPS, *s.* 1. The mouth of a beast: craos, beul beathaich. 2. the mouth of a man (in contempt): craos, cab. 3. the mouth of any thing, (in familiar language): beul, dorus.
CHORAL, *adj.* 1. Belonging to, or composing a choir, or concert: còisireach, co-sheirmeach. 2. singing in a choir: a sheinneas gu co-sheirmeach, no, ann an ionad-ciùil.
CHORALLY, *adv.* See Choral.
CHORD, *s.* 1. The string of a musical instrument: teud. 2. (in mathematics): sreang-bogha.
CHORD, *v. a.* Cuir teud ri, gleus.
CHOREPISCOPUS, *s.* Easbuig, fear-inbhe easbuige.
CHORION, *s.* Sreathan.
CHORIST, CHORISTER, *s.* Fear-seinn, ann an co-sheirm.
CHORUS, *s.* 1. A number of singers, a concert: coisir, co-sheirm. 2. the persons who sing in tragedy: luchd-seinn ann an cluich. 3. the song between the acts of a tragedy: ceòl a sheinnear eadar earrannan cluiche. 4. verses of a song in which the company joins the singer: luinneag, fonn.
CHOSE, *pret.* of Choose, which See.
CHOSEN, *part.* Taghta, roghnaichte. See Choose.
CHOULE, *s.* Sgròban.
CHOUSE, *v. a.* Meall, thoir an car á.
CHOUSE, *s.* 1. A man fit to be cheated: ùmaidh, baoth-fhear. 2. a trick, or sham: car, cuilbheirt.
CHRISM, *s.* Ola-ungaidh.

CHRISTEN, *v. a.* 1. Baptize: baist. 2. name, denominate: ainmich, thoir ainm do, thoir ainm air.
CHRISTENDOM, *s.* A' chriosdachd, a' chriosdaidheachd.
CHRISTENING, *s.* Baisteadh.
CHRISTIAN, *s.* Criosdaidh, fear aidmheil a' chreidimh Chriosdaidh.
CHRISTIAN, *adj.* 1. Professing the religion of Christ: criosdail, criosdaidh, ag aidmheil a' chreidimh Chriosdaidh. 2. ecclesiastical: Criosdaidh, criosdail.
CHRISTIAN-NAME, *s.* Ainm-baistidh, ceud ainm.
CHRISTIANISM, *s.* 1. The christian religion: criosdachd, criosdaidheachd, creidimh criosdaidh. 2. the nations professing christianity: criosdachd, criosdaidheachd.
CHRISTIANITY, *s.* Criosdachd, aidmheil a' chreidimh chriosdaidh.
CHRISTIANISE, *v. a.* Dean criosdaidh, tionndaidh gu aidmheil a' chreidimh chriosdaidh, iompaich gu criosdachd.
CHRISTIAN-LIKE, *adj.* Criosdail.
CHRISTIANLY, *adv.* See Christian-like.
CHRISTIANLY, *adj.* Criosdail.
CHRISTIANNESS, *s.* Criosdachd, aidmheil a' chreidimh chriosdaidh.
CHRISTIANOGRAPHY, *s.* Cunntas air muinntir rìoghachdan na criosdachd.
CHRISTMAS, *s.* 1. The day on which the nativity of our blessed Saviour is celebrated: latha nollaig, nollaig. 2. the season of Christmas, the festivity relating to it: nollaig, àm na nollaige.
CHRISTMAS-FLOWER, *s.* See Hellebore.
CHRISTMAS-THORN, *s.* An droigheann driseach.
CHROMATIC, *adj.* Dathach.
CHRONIC, CHRONICAL, } *adj.* Tìomail, tiom-chuairteach, amail, a thig aig ceann ùine àraid, leanailteach.
CHRONICLE, *s.* 1. A register or account of events in order of time: annaladh, min-eachdraidh. 2. a history: eachdaireachd, eachdraidh, eachdair, seanachas.
CHRONICLE, *v. a.* 1. Record in chronicle or history: sgrìobh an eachdraidh, cuir sìos an eachdraidh. 2. register, record: sgrìobh an annalaibh, cuir sìos an eachdraidh.
CHRONICLER, *s.* 1. A recorder of events in order of time: eachdaire, eachdraiche, fear-sgrìobhaidh annalaidh. 2. a historian: eachdaire, eachdraiche.
CHRONOGRAPHY, *s.* Eachdraidh, sgrìobhadh mu shean aimsir.
CHRONOLOGER, *s.* See Chronologist.
CHRONOLOGICAL, *adj.* Eachdruidheach, seanachaidheach.
CHRONOLOGICALLY, *adv.* See Chronological.
CHRONOLOGIST, *s.* Eachdair, eachdraiche, seanachaidh.
CHRONOLOGY, *s.* Aimsir-eòlas, àm-àireamh, ùinoilean, ùin-eachdraidh.
CHRONOMETER, *s.* Uaireadair-ùine, uaireadair neomhearachdach.
CHRYSOLITE. *s.* Crisolit, clach-luachmhor.
CHUBBED, *adj.* Pluiceach, plocach, mòr-cheannach.
CHUBBY, CHUBBY-FACED, } *adj.* See Chubbed.
CHUCK, *v. a.* et *n.* 1. Call as a hen calls her young: gloc, dean glocail. 2. give a gentle blow under the chin: thoir fòil-bhuille smig. 3. throw by a quick and dexterous motion any heavy weight so that it shall nicely fall in a given place: tilg, tilg gu dòigheil. 4. make noise like a hen when she calls her young: gloc, goir, bi glocail mar chirc. 5. jeer, laugh: gàir, dean gàir aoibhinn.
CHUCK, *s.* 1. The voice of a hen: gloc, gràchdan. 2. a word of endearment: gaolach, luran, cuilean, gràdhan. 3. a sudden small noise: fann-fhuaim, fann-ghluasad, carachadh, bìdil. 4. a little blow under the chin: foil-bhuille smig, smig-dhiogailt.
CHUCKLE, *v. a.* et *n.* 1. Call as a hen: gloc, goir. 2. cocker, fondle: breug, tàlaidh, tataidh, dean mùirn. 3. laugh vehemently: gàir, rach as na gialan a' gàireachdaich.
CHUD, *v. a.* See Champ.
CHUFF, *s.* Maolan, ùmaidh, burraidh, baodhaire.
CHUFFILY, *adv.* See Chuffy.
CHUFFINESS, *s.* Maol-cheannachd, iargaltas, doichiollachd, ùmaidheachd.
CHUFFY, *adj.* Aineolach, ùmadail, gruamach, busach, pluiceach, gnù, iargalt, duairceach.
CHUM, *s.* Companach seòmair.
CHUMP, *s.* Òrd-fiodha, ploc.
CHURCH, *s.* 1. The collective body of Christians, usually termed the catholic church: eaglais, comunn nan criosdaidhean. 2. the body of Christians adhering to one particular opinion or form of worship: eaglais. 3. the place which christians consecrate to the worship of God: eaglais, tigh-aoraidh, teampull, cill. 4. ecclesiastical power or authority: cléir-ùghdarras, cléir, eaglais.
CHURCH-ATTIRE, *s.* Culaidh-chléir, aodach na naoimh sheirbhis.
CHURCH-AUTHORITY, *s.* Cléir-ùghdarras, ùghdarras eaglaiseil.
CHURCHDOM, *s.* Cléir-uachdranachd, uachdranachd laghail eaglais.
CHURCH-LAND, *s.* Fearann-eaglais, fearann na h-eaglais.
CHURCHLIKE, *adj.* Diadhaidh, eaglaiseil.
CHURCHMAN, *s.* Pears'-eaglais, ministeir, cléireach.
CHURCH-WARDEN, Foirfeach, maor-eaglais.
CHURCHWAY, *s.* Rathad-cille.
CHURCHWORK, *s.* Obair-fhàrdalach.
CHURHH-YARD, *s.* Cladh, cill, clachan, bàghan.
CHURL, *s.* 1. A rustic, a countryman, a labourer: luidse, luidealach, tuathanach, saothraich, fear-oibre. 2. a rude, surly, ill-bred man: bodach, balach, duaircein, sgonn. 3. a miser, a niggard: miodhoir, iargaltaiche, bodach.
CHURLISH, *adj.* 1. Rude, brutal, harsh, austere: bodachail, balachail, ain-iochdmhor, cruaidh, gnù cànrannach, duairceach, iargalta, neo-aoidheil, borb. 2. selfish, avaricious: doicheallach, gruamach, neo-fhial, gionach, sanntach. 3. (of things), unpliant, cross-grained: do-lùbaidh, teann, crosda,

rag, daobhaidh, danarra. 4. vexatious, obstructive: rag, daobhaidh, crosda, danarra.

Churlishly, *adv.* See Churlish.

Churlishness, *s.* 1. Brutality, ruggedness of manner: ùmaidheachd, borbas, iargaltachd, iargaltas, neo-shlobhaltachd, gruamachd, doichioll. 2. difficulty of management: crosdachd, danarrachd, mi-shuairceas.

Churly, *adv.* Gu bodachail, gu an-iochdmhor, gu gruamach, gu duairceach, gu crosda.

Churme, *s.* Toirm, fuaim, borbhan.

Churn, *s.* Muidhe.

Churn, *v. a.* 1. Agitate, shake any thing by violent motion: crath, luaisg, cuir troimh chéile, cuir fuidh ghluasad. 2. make butter by agitating the milk: maistrich, dean ìm, thoir ìm as.

Churning, *s.* Crathadh, maistreachadh.

Churnstaff, *s.* Loinid, maide-muidhe.

Churrworm, *s.* An t-slat thomhais.

Chuse, *v. a.* See Choose.

Chyle, *s.* Leann-goile, màthair na fola, leann-meirbhidh.

Chylifaction, *s.* Meirbheadh, tionndadh gu màthair na fola.

Chylifactive, Chylopoetic, } *adj.* Cnàmhach, a thionndaidheas gu màthair na fola.

Chymist, *s.* Feallsanach gnè nithean, feallsanach suacain.

Chymistry, Feallsanachd gnè nithean, feallsanachd suacain.

Cibarious, *adj.* Biadhchar, aranach, maith air son bìdh.

Cibol, *s.* See Chibal.

Cicatrice, Cicatrix, } *s.* 1. The scar remaining after a wound: leus, athailt, creim, gàg. 2. a mark, an impression: comharradh, athailt, lorg, làrach.

Cicatrisant, *s.* Plasd-athailte, ni a dh' fhagas lorg.

Cicatrisive, *adj.* Gàgach, lorgach, a ni athailt.

Cicatrization, *s.* 1. The act of healing the wound: athailt-leigheas, creuchd-dhùnadh. 2. the state of being healed or skinned over: creuchd-dhùnadh, lot-leigheas, feòil-lìonadh.

Cicatrize, *v. a.* 1. Apply such medicines to wounds and ulcers as heal and skin them over: leighis, slànuich, dùin le cungaidh-leighis. 2. heal and induce the skin over a sore: leighis, slànuich, dùin suas.

Cicely, *s.* Seanas.

Cichoraceous, *adj.* Sìucarach, anns am bheil gnè luis an t-sìucair.

Cich-pease, Peasar nan luch.

Cicurate, *v. a.* Callaich, ceannsaich, ciùinich, mìnich, dean soirbh.

Cicuration, *s.* Callachadh, ceannsachadh, ciùineachadh, dèanamh soirbh.

Cid, *s.* Ceann-feadhna, ceannard.

Cider, *s.* 1. All kinds of strong liquor except wine: dibh. 2. liquor made of the juice of fruits pressed: sùgh mheas, leann meas. 3. the juice of apples pressed and fermented: leann-ùbhlan, ubhal-bhrìgh.

Ciderist, *s.* Grùdair ubhail-bhrìgh, fear-dèanaimh-leann-ùbhlan.

Cieling, *s.* See Ceiling.

Cilicious, *adj.* Gaoisideach.

Cimeliarch, *s.* Àrd-mhaor eaglais.

Cimeter, *s.* Claidheamh crom.

Cimiss, *s.* See Bug.

Cimmerian, *adj.* Dorch, doilleir, dubh-dhorch.

Cincture, *s.* 1. Something worn round the body: crios, bann, ceangal, cearcall. 2. an enclosure: dùnadh, gàradh. 3. (in architecture): cuairt, cearcall.

Cinder, *s.* 1. A mass ignited and quenched without being reduced to ashes: gual, guaillean. 2. a hot coal that has ceased to flame: guaillean.

Cineration, *s.* Cnàmh gu luaithre, luaithreadh.

Cinereous, *adj.* Liath-ghlas, air dhath na luaithre.

Cineritious, *adj.* Coltach ri luaithre.

Cinerulent, *adj.* Luaithreach.

Cingle, *s.* Crios, tarrach.

Cinnamon, *s.* Canal.

Cinque, *s.* Cùig, focal-cluiche.

Cinque-foil, *s.* A chùig dhuilleagach, seamrag chùig-bhileach.

Cinque-pace, *s.* Dannsa toirteil.

Cion, *s.* 1. A sprout, a shoot from a plant: faillean, fiùran, busag, ùr-fhàs, meangan. 2. the shoot engrafted or inserted on a stock: fiùran, meangan, ùr-fhàs.

Cipher, *s.* 1. An arithmetical character by which some number is noted, a figure: comharradh an cunntas, comharradh àireamh. 2. an arithmetical mark which standing for nothing itself, increases the value of the other figures: mac-samhuil 0, an àireamh, neo-ni leis féin, ach treun le càch. 3. an intermixture of letters engraved usually on boxes or plate: comharradh, gearradh litrichean. 4. a character in general: comharradh, gearradh-ailt. 5. a secret or occult manner of writing, or the key to it: comharran dìomhair, sgrìobhadh litrichean dìomhair. 6. a species of juggling: cleasan, caran. 7. an insignificant person: gàrlach, sìochair, duine gun fheum.

Cipher, *v. a.* et *n.* 1. Write in occult characters: sgrìobh le litrichibh dìomhair. 2. designate, characterise: comharraich. 3. practise arithmetic: àireamh, cunnt.

Circle, *s.* 1. A line continued till it ends where it began, having all its parts equidistant from the common centre: cuairt, cearcall, crios-cuairte. 2. the space enclosed in a circular line: cuairt, cuairteag. 3. a round body, an orb: cuairt, cruinnmheall. 4. compass, enclosure: cuairt, gàradh. 5. an assembly surrounding the principal person: cuideachd, bannal, coisir, coimh-thional. 6. any series ending as it begins and perpetually repeated: cuairt, cearcall. 7. an inconclusive form of argument: cuairt, cearcall. 8. circumlocution: cuairt, cuairt-bhriathran.

Circle, *v. a.* et *n.* 1. Move round any thing: cuartaich, cuir cearcall uime. 2. enclose, surround: iom-dhruid, iadh mu, cuartaich. 3. confine, keep together: cum ri' a chéile, cum a stigh, cruinnich.

Circled, *adj.* Cruinn, cuairtcagach, cearcallach.
Circler, *s.* Bàrd-siubhail, droch-bhàrd.
Circlet, *s.* Cuairt, cearcall, cuairtcag, fàinne, camag.
Circling, *adj.* Cruinn.
Circly, *adv.* Gu cruinn.
Circuit, *s.* 1. The act of moving round any thing: cuartalan, cuairt, dol timchioll. 2. the space inclosed in a circle: cuairt-lann, cuairt. 3. space, extent, measured by travelling round: cuairt-astar. 4. a ring, a diadem, that by which any thing is encircled: fàinne, crùn, coron, cuairt. 5. the visitations of the judges for holding assizes: cuairt-bhreitheamh, cuairt nam mòr-fhearandearga.
Circuit, *v. a.* et *n.* 1. Move round, travel round: cuaritich, rach mu 'n cuairt. 2. move circularly: bi cuairteachadh, bi dol mu 'n cuairt.
Circuition, *s.* 1. The act of going round any thing: cuairteachadh, dol mu 'n cuairt, cur cearcall air. 2. compass, maze of argument: cuairt, cuartan.
Circuitous, *adj.* Cruinn mu 'n cuairt, cuairteach.
Circuitously, *adv.* See Circuitous.
Circulable, *adj.* So-chuairteachaidh.
Circular, *adj.* 1. Round like a circle: cruinn, mar chuairt, cuairteach. 2. successive in order, always returning: cruinn, cuairteach. 3. vulgar, mean: bochd, suarach, a' dol mu 'n cuairt. 4. ending in itself: cruinn, cuairteagach. 5. *circular* letter: litir-ràbhaidh, litir fhios. 6. *circular* lines: sgrìoban cuairt-ghearraidh. 7. *circular* sailing: seòladh air bogha mòr-chuairt.
Circularity, *s.* Chruinn-chumadh.
Circularly, *adv.* See Circular.
Circulary, *adj.* Cruinn, cuairteach.
Circulate, *v. a.* et *n.* 1. Travel round: cuairtich, cuir cearcall mu. 2. put about: cuir mu'n cuairt. 3. move in a circle: imich mu 'n cuairt, cuairtich. 4. be dispersed: bi sgaoileadh, sgaoil.
Circulation, *s.* 1. Motion in a circle: cuairteachadh, dol mu 'n cuairt. 2. a series in which the same order is always observed, and things always return to the same state: cuairt, ath-philleadh. 3. reciprocal interchange of meaning: ath-philleadh, ath-fhreagradh.
Circumambiency, *s.* Cuairteachadh, cruinneachadh mu thìmchioll.
Circumambient, *adj.* Cuairteach, a' dol mu thimchioll.
Circumambulate, *v. n.* Cuairtich, coisich mu 'n cuairt.
Circumcise, *v. a.* Timchioll-ghearr.
Circumciser. *s.* Fear timchioll-ghearraidh.
Circumcision, *s.* Timchioll-ghearradh.
Circumcursation, *s.* Ruith a sìos 's a suas.
Circumduct, *v. a.* Thoir timchioll, pill, bac, dubh as, mill.
Circumduction, *s.* 1. Nullification, cancellation: dìtheachadh milleadh, dubadh as. 2. a leading about: cuairt-theòrachadh, cur mu 'n cuairt, toirt mu'n cuairt.
Circumference, *s.* 1. The periphery, the line including and surrounding any thing: cuairt-shreang, cuairt, cuairt-thomhas. 2. the space enclosed in a circle: cuairt. 3. the external part of an orbicular body: cuairt, cruinne. 4. an orb, a circle: cuairt, cruinne.
Circumferential, *adj.* Cuairtcach, cruinn.
Circumfluence, *s.* Iomdhruidcadh uisge, being ri uisge.
Circumfluent, *adj.* Cuairt-shruthach.
Circumfluous, *adj.* See Circumfluent.
Circumforanean, } *adj.* Iomrallach, o thigh gu
Circumforaneous, } tigh, badhalach.
Circumfuse, *v. a.* Dòirt mu 'n cuairt. taosg, spliut.
Circumfusile, *adj.* Taosgach, spliutach, uim'-dhòrtach.
Circumfusion, *s.* Uim'-dhòrtachd, spliutadh, taosgadh.
Circumgyrate, *v. a.* Rol, trus cruinn.
Circumgyration, *s.* Cuairt-ruith, cuartalan.
Circumjacent, *adj.* Dlùth, fagus, teann air.
Circumition, *s.* Cuartachadh, dol timchioll, cuartalan, cuairt-imeachd.
Circumligation, *s.* 1. The act of binding round: teannachadh, ceangal mu 'n cuairt. 2. the bond with which any thing is encompassed: ceangal, bann, crios-ceangail.
Circumlocution, *s.* 1. Periphrasis: cuairt-labhairt, iom-fhoclan, bith-bhriathran. 2. the use of indirect expressions: cuairt-chainnt.
Circumlocutory, *adj.* Bith-bhriathrach, cuairtchainnteach.
Circummured, *adj.* Callaideach, dùinte le balla.
Circumnavigable, *adj.* So-sheòlaidh mu 'n cuairt.
Circumnavigate, *v. a.* Cuairt-sheòl, seòl mu'n cuairt, uim'-sheòl.
Circumnavigation, *s.* Cuairt-sheòladh, seòladh mu 'n chruinne.
Circumnavigator, *s.* Seòladair-cuairt a' chruinne.
Circumplication, *s.* Cuairt-fhilleadh.
Circumpolar, *adj.* Mu 'n reul-iùil.
Circumposition, *s.* Càradh mu 'n cuairt, cuairtchàradh, cuairt-shuidheachadh.
Circumrasion, *s.* Cuairt-bhearradh, cuairt-sgudadh, cuairt-lomadh.
Circumrotation, *s.* 1. The act of whirling round: roladh, cuibhleadh. 2. The state of being whirled about: roladh, cuibleadh, cur mu 'n cuairt.
Circumrotatory, *adj.* Cuairt-shiùbhlach.
Circumscribe, *v. a.* 1. Enclose in certain lines, or boundaries: iomdhruid, cuir crìoch ri, sgrìobh fuidh chrìochan. 2. bound, limit, confine: cuir crioch ri, cuibhrich, cum a stigh. 3. write around: sgrìobh mu 'n cuairt.
Circumscription, *s.* 1. Determination of particular form, or magnitude: cuairt-sgrìobhadh. 2. limitation, boundary: iomdhruideadh, cumhangachadh. 3. writing round, a circular inscription: cuairt-sgrìobhadh.
Circumscriptive, *adj.* Cuairteach, cruinn, crìochnach.
Circumscriptively, *adv.* See Circumscriptive.
Circumspect, *adj.* Cùramach, faicilleach, faireachail, furachail, crìonna, sicir.
Circumspect, *v. n.* Dean faire, bi faicilleach, bi furachail.

Circumspection, *s.* Aire, cùram, faicill, furachas, crìonnachd.
Circumspective, *adj.* See Circumspect, *adj.*
Circumspectively, *adv.* See Circumspective.
Circumspectly, *adv.* See Circumspect, *adj.*
Circumspectness, *s.* See Circumspection.
Circumstance, *s.* 1. Something appendant, or relative to a fault: cùis, ni, rud, càs, gnothach, cor. 2. the adjuncts of a fault which makes it more or less criminal: coimcheangal, còrr, gnothach. 3. accident, something adventitious: cùis, gnothach, càs, tuiteamas. 4. incident, event, generally of a subordinate kind: gnothach cùis, cor, staid, ni. 5. condition, state of affairs: staid, inbhe.
Circumstance, *v. a.* Cuir an cor àraidh, suidhich.
Circumstant, *adj.* Cuairtichte, mu 'n cuairt, air gach taobh.
Circumstantial, *adj.* 1. Accidental, not essential: tuiteamach, neo-àraidh, co-cheangaillte. 2. incidental, happening by chance: tuiteamach. 3. full of small events, particular: pongail, min-chuiseach.
Circumstantially, *adv.* See Circumstantial.
Circumstantiate, *v. a.* 1. Place in particular circumstances: suidhich, càirich, leag, socraich gu dòigheil. 2. place in a particular condition with regard to power, or wealth: suidhich, socraich, càirich, cuir.
Circumterraneous, *adj.* Mu 'n cuairt do 'n chruinne, cruinne-cuairteach.
Circumvallate, *v. a.* 1. Enclose round with trenches, or fortifications: daingnich, iom'-dhruid, cuir callaid mu.
Circumvallation, *s.* 1. The art, or act of casting up fortifications round a place: daingneachadh, timchioll-dhìon, balla-daingneachaidh, callaid-thogail. 2. the fortification, or trench thrown up round a place besieged: balla, being, dìg.
Circumvection, *s.* 1. The act of carrying round: cuairt-ghiùlan. 2. the state of being carried round: cuairt-ghiùlan.
Circumvent, *v. a.* Meall, thoir an car á, thoir a chreidsinn air.
Circumvention, *s.* Foill, mealladh, feall, cuilbheart, cealg.
Circumventive, *adj.* Mealltach, foilleil, fealltach, carach, cealgach.
Circumvest, *v. a.* Aodaich, còmhdaich, crioslaich mu 'n cuairt.
Circumvolve, *v. a.* Rol, cuibhill, ruidhil, cuir mu 'n cuairt.
Circumvolution, *s.* 1. The act of rolling round: roladh, cuibhleadh. 2. the state of being rolled round: roladh, cruinneachadh, trusadh, uim'-ròladh. 3. the thing rolled round another: roladh, car, trusadh.
Cist, *s.* 1. A case, a tegument: còmhdach, ciste. 2. an excavation: toll, slochd, fusgladh.
Cisted, *adj.* Còmhdaichte, dùinte.
Cistern, *s.* 1. A receptacle of water for domestic uses: amar, tobar. 2. a reservoir: linne, tobar, amar. 3. any receptacle, or repository of water: linne, tobar, amar.
Cistus, *s.* See Rock-rose.
Cit, *s.* Beadagan-bùth, fear-baile-mòir.
Citadel, *s.* Dùn, daingneach, caisteal.
Cital, *s.* 1. Reproof, impeachment: achmhasan, cronachadh, dìteadh. 2. summons, citation: rabhadh, gairm, sanas, fios gu cùirt. 3. quotation, citation: iasad-bhriathar.
Citation, *s.* 1. The calling the person before the judge, for the sake of trying the cause of action commenced against him: fios gu cùirt, gairm. 2. quotation: iasad-bhriathar. 3. the passage, or words quoted: briathran iasaid. 4. enumeration, mention: ainmeachadh, aithris, cur an céill.
Citatory, *adj.* Rabhadh, a bheir gairm-làthaireachd.
Cite, *v. a.* 1. Summon to answer in a court. See Summon, *v. a.* 2. enjoin, call upon authoritatively: gairm, òrduich, thoir rabhadh do. 3. quote. See Quote.
Citer, *s.* 1. One who cites into a court: rabhadair, fear-sanais, maor. 2. a quoter. See Quoter.
Citess, *s.* Bean-baile-mòir, ban-shaoranach.
Citicism, *s.* Gnàths fir-baile-mòir.
Citizen, *s.* 1. A freeman of a city, not a foreigner, not a slave: saoranach, fear baile-mhòir. 1. a townsman, a man of trade, not a gentleman: fear-baile-mòir, ceannaiche, fear-malairt. 3. an inhabitant, a dweller in any place: fear-àiteachaidh, fear-còmhnuidh.
Citizen, *adj.* Neo-mhisneachail, neo-sgairteil, neo-spioradail.
Citizenship, *s.* Saorsa baile-mòir.
Citrine, *adj.* Buidhe, buidhe-dhonn.
City, *s.* 1. A large collection of houses and inhabitants: baile, cathair. 2. (in the English law) a town-corporate: baile-mòr. 3. the inhabitants of a certain city, as distinguishing from other subjects: baile, cathair.
City, *adj.* 1. relating to the city: a bhuineas do bhaile mòr. 2. resembling the manners of the citizens: baileach, a rèir gnàth luchd-baile mòir.
Civil, *adj.* 1. Relating to the community, political: cuideachdail. 2. relating to any man as a member of the community: cuideachdail, comunnach. 3. not in anarchy, not wild: riaghailteach, rianail, dòigheil. 4. not foreign, intestine: cuideachdail, a bhuineas d' ar dùthaich. 5. not ecclesiastical: neo-eaglaiseil, aimsireil. 6. not natural, as a person banished or outlawed, is said to suffer, *civil*, though not natural death: cuideachdail, comunnach. 7. not military: cuideachdail, comunnach, a bhuineas do cheartas na tìre. 8. not criminal: neo-thoillteanach air bàs. 9. civilized, not barbarous: ciùin, modhail, dòigheil, riaghailteach, deadh-bheusach. 10. complaisant, civilized, gentle, well-bred: sìobhalta, suairce, còir, deadh-bheusach, modhail, caoimhneil. 11. grave, sober, not gay nor showy: còir, socrach, suidhichte.
Civilization, *s.* 1. A law, act of justice, which renders a criminal process civil: cur air cùl dìtidh bàis. 2. the act of civilizing barbarous people: callachadh, ciùineachadh, toirt gu riaghailt.

3. the state of being civilized: rian, riaghailt, deadh-bheus.

Civility, *s.* 1. Freedom from barbarity: riaghailteachd, modhalachd, rian, dòigh. 2. politeness, complaisance: modhalachd, sìobhaltachd, suairceas, grinneas. 3. rule of decency, practice of politeness: modhalachd, sìobhaltachd, suairceas. 4. partaking of the nature of a civilized state: riaghailteachd, rian.

Civilize, *v. a.* Thoir gu riaghailt, ciùinich, teagaisg, callaich, thoir fuidh ghéill do 'n lagh.

Civilizer, *s.* Fear-callachaidh, fear-teagaisg nan allamharach.

Civilly, *adv.* See Civil.

Cizar, *v. a.* Beàrr, lom.

Cize, *s.* See Size.

Clack, *s.* 1. Any thing that makes a lasting and importunate noise: clag, clagan, claban, glagan, fuaim. 2. the clack of a mill: claban, glagan.

Clack, *v. a.* et *n.* 1. Clip wool, that it may weigh less, and so yield less custom to the king: beàrr, geàrr dheth. 2. make a chinking noise: dean glagan, gliong. 3. let the tongue run: bi glagaireachd, dean glagadaich, no, glagaireachd.

Clacker, *s.* Claban, glagan.

Clacking, *s.* Gobaireachd, goileam, glagaireachd faoin chòmhradh.

Clad, *part.* Aodaichte, còmhdaichte, sgeadaichte.

Coll, *v. a.* Cniadaich, gabh 'na d' ghlacaibh.

Collapse, *v. n.* Crup, trus, searg, caill clì, fàs 'na d' mhogan.

Collapsed, *adj.* Seargta, briste, crupta.

Collapsion, *s.* 1. The act of closing or collapsing: crupadh, seargadh, dùnadh. 2. the state of vessels closed: crupadh, seargadh, dùnadh.

Collar, *s.* 1. A ring of metal put round the neck: coileir, fail-muineil. 2. the part of the harness that is fastened about the horse's neck: bràid. 3. the part of the dress that surrounds the neck: seud-muineil, bile-muineil. 4. *slip the collar:* fuasgladh. 5. a collar of brawn: callach, ultach.

Collar-bone, *s.* Cnàimh 'na h-amhaich.

Collar, *v. a.* 1. Seize by the collar, take by the throat: beir air amhaich, glac air sgòrnan. 2. roll up meat: trus, ceangail suas.

Collate, *v. a.* 1. Compare one thing of the same kind with another: coimeas. 2. *collate* books, examine if nothing be wanting: coimeas, cuir ri' a chéile, feuch ri' a chéile. 3. bestow: builich, thoir seachad.

Collateral, *adj.* 1. Side to side: coimh-shìnte, taobh ri taobh, comh-dhàimheil. 2. running parallel: comh-shìnte. 3. diffused on either side: comh-fhreagarrach. 4. in geneology those that stand in some equal relation to some common ancestor: coimh-dhligheach, comh-chàirdeach. 5. not direct, not immediate: neo-dhìreach. 6. concurrent: comh-fhreagarrach, comh-chòrdach.

Collaterally, *adv.* See Collateral.

Collateralness, *s.* Comh-ionnas, comh-dhlighe.

Collation, *s.* 1. The act of conferring or bestowing a gift: builcachadh. 2. comparison of one copy or any thing with another: coimeas, comhard. 3. a repast, a treat less than a feast: comh-itheadh, greim-blasda. 4. discourse: searmon ghoir-

id. 5. collection, shot, or dividend contributed: coimhthional, cruinneachadh.
Collatitious, *adj.* Comh-chruinnichte.
Collator, *s.* 1. One that compares copies or manuscripts: fear-comhaird, fear-coimeis. 2. one that bestows any gift: fear-tiodhlacaidh.
Colleague, *s.* Companach, coimpire, comh-oibriche. còmhlan.
Colleague, *v. n.* Comunnaich, coimh-cheangail, rach an companas.
Colleagueship, *s.* Compantas, companas, comunnachadh.
Collect, *v. a.* 1. Gather together: comh-chruinnich, tionail. 2. draw many units or members into one sum: comh-chruinnich, tionail, trus. 3. gain by observation: thoir fainear, ionnsaich. 4. infer as a consequence: comh-dhùin. 5. recover from surprise: suidhich, socraich, comh-shocraich.
Collect, *s.* Urnuigh ghoirid.
Collectaneous, *adj.* Cruinnichte, tionailte.
Collectedly, *adv.* Gu comh-chruinnichte.
Collectedness, *s.* Suidheachadh-inntinn.
Collection, *s.* 1. The act of gathering together: comh-chruinneachadh, tionail, trusadh. 2. an assemblage: coimh-thional, comh-chruinneachadh. 3. a corollary, consequence: comh-dhùnadh, comh-chnuasachd.
Collective, *adj.* 1. Gathered into one mass: comh-chruinnichte, tionailte, comh-chruinn. 2. employed in deducing consequences: comh-chruinnichte, comh-chnuasaichte.
Collectively, *adv.* See Collective.
Collectiveness, *s.* Comh-chruinneachadh, comh-thional.
Collector, *s.* 1. A gatherer: trusaiche, fear-tionail, fear-cruinneachaidh. 2. a compiler: trusaiche, fear-comh-chruinneachaidh. 3. a tax-gatherer: cìs-mhaor, fear-togail cànach.
College, *s.* 1. A community; comunn, cuideachd. 2. a society of men set apart for learning and religion: comunn, cuideachd luchd-foghluim. 3. the house in which the collegians reside: oil-thigh, àrd-sgoil.
Collegian, } *s.* Foghlumach-àird-sgoile.
Collegiate, }
Collet, *s.* Cuairt, cearcall, coilcir.
Collide, *v. a.* Comh-bhuail, buail r' a chéile.
Collier, *s.* 1. A digger of coals: guaillear. 2. a coal-merchant: gual-ḟeiceadair.
Coilliery, *s.* 1. The place where coals are dug: slochd-guail, obair-ghuail. 2. the coal trade: earachd.
Colliflower, *s.* Càl-gruth, càl-dìtheanach, càl-colguaillag.
Colligate, *v. a.* Coimh-cheangail, comh-ṅaisg.
Colligation, *s.* Coimh-cheangal, comh-shnaidhm, comh-ṅasgadh.
Colliguable, } *adj.* Leaghtach, so-leaghaidh, leaghach.
Colliguant, }
Collision, *s.* 1. The act of striking two bodies together: comhbhualadh, bualadh a chéile. 2. the state of being struck together, a clash: buille, gleadhar.
Collocate, *v. a.* Suidhich, càirich, socraich.
Collocate, *adj.* Suidhichte, càirichte.
Collocation, *s.* 1. The act of placing: suidheachadh, socrachadh. 2. the state of being placed: socrachadh, suidheachadh.
Collocution, *s.* Comh-labhairt, conaltradh, còmhradh.
Collogue, *v. n.* See Flatter.
Collop, *s.* 1. A small slice of meat: toitean, staoig, fillein. 2. a piece of any animal: toitean, staoig, fillein. 3. a child, offspring: siol.
Colloquial, *adj.* Conaltrach, cainnteach.
Colloquy, *s.* Comh-labhairt, comh-labhradh, conaltradh.
Colluctancy, } *s.* Comh-stri, comh-ghleachd, spàirn, diomb, gamhlas.
Colluctation, }
Collude, *v. n.* Comh-aontaich an ceilg, bi an coimh-chealg.
Colluder, *s.* Fear coimh-cheilg, mealltair, cealgair.
Colluding, } *s.* Coimh-chealg, cuilbheart.
Collusion, }
Collusive, *adj.* Cuilbheartach, fealltach, cealgach.
Collusively, *adv.* See Collusive.
Collusiveness, *s.* Feall-chòrdadh, coimh-chealg.
Colly, *s.* Dus guail.
Collyrium, *s.* Ola-shùl.
Colon, *s.* 1. A point in writing: punc dhùbailte. 2. the greatest and widest of all the intestines: an caolan fada.
Colonel, *s.* Ceannard freiceadain, còirneil.
Colonical, *adj.* Treabhach, tuathach.
Colonist, *s.* Fear àiteachaidh tìr aineoil.
Colonize, *v. a.* Tìrich.
Colonization, } *s.* Tìreachadh.
Colonizing, }
Colony, *s.* 1. A body of people drawn from the mother country to inhabit some distant place: luchd-imriche, buidheann chéin-imeachd. 2. the country planted: àiteachas.
Colorate, *adj.* Daithte, dathail.
Colorific, *adj.* Dathach.
Coloss, } *s.* Dealbh mòr.
Colossus, }
Colossal, *adj.* Mar fhamhair.
Colour, *s.* 1. Hue, die: dath. 2. the freshness, or appearance of blood in the face: dath, neul, tuar, fiamh, dreach. 3. the tint of the painter: dath, fiamh. 4. the representation of any thing superficially examined: dath, coltas, dreach. 5. concealment, palliation, excuse: cleith, leithsgeul. 6. appearance, false shew: samhladh, coltas, riochd. 7. kind, species, character: seòrsa, gnè. 8. a standard, an ensign of war: bratach, suaichcantas.
Colour, *v. a.* et *n.* 1. Mark with some hue, or die: dath. 2. palliate, excuse: cuir dath air, gabh leithsgeul. 3. make plausible: cuir dath air, cuir dreach air. 4. blush: gabh nàire, thigeadh ruthadh 'n ad ghruaidh,
Coloured, *adj.* Daithte, dathail, dath-chlòdhach.

Colouring, *s.* Dathadh.
Colourist, *s.* Dath-dhreachadair, tuar-dhreachadair.
Colourless, *adj.* Gun dath, trìd-shoilleir.
Colstaff, *s.* Cuaille.
Colt, *s.* 1. A young horse: searrach, biorach. 2. a young foolish fellow: searrach, gaothan.
Colt, *v. a.* et *n.* 1. Befool: dean baothair dheth. 2. Frisk, be licentious, run at, lark: leum, bi iollagach, bi guaineasach.
Colts-foot, *s.* Fathan, gallan-greannchair.
Colts-tooth, *s.* 1. An imperfect, or superfluous tooth in young horses: fiacail-searraich. 2. a love of youthful pleasure: guaineas.
Coltish, *adj.* Meanmnach, mireagach, leumnach.
Coltishly, *adv.* See Coltish.
Colubrine, *adj* 1. Relating to a serpent: a bhuineas do ṅathair. 2. cunning, crafty: seòlta, carach.
Columbary, *s.* Tigh-choluman, colm-lànn.
Columbine, *s.* 1. A plant with leaves like the meadow rue: lus-a'-cholumain. 2. a kind of violet colour: liath-ghorm.
Column, *s.* 1. A round pillar: colbh, carragh. 2. any body of certain dimensions pressing vertically upon its base: colbh, cuiseag, cuinnlein. 3. a long file, or row of troops: sreath. 4. half a page: leth-thaobh-duilleig.
Columnar, **Columnarian**, *adj.* Colbhach, carraghail.
Comate, *s.* Companach.
Comate, *adj.* Faltach.
Comatose, *adj.* Codalach, trom-cheannach.
Comb, *s.* 1. An instrument to separate and adjust the hair: cìr, cìor. 2. the top, or crest of a cock: cìr, cìrean. 3. the cavities in which the bees lodge their honey: cìr-mheala, copan.
Comb, *v. a.* 1. Divide and adjust the hair with a comb: cìr. 2. lay any thing consisting of filament, smooth: cìr, càrd, clàd.
Combat, *v. a.* et *n.* 1. Oppose, fight: cuir an aghaidh, coimh-ghleachd, còmhrag, cathaich ṙi. 2. fight, generally in a duel, or hand to hand: còmhraig, cathaich. 2. act in opposition: cuir an aghaidh, gleachd, còmhraig.
Combat, *s.* Còmhrag, cath, comhlan, comh-chaireachd, gleachd.
Combatant, *s.* 1. He that fights with another, antagonist in arms: gleachdair, fear-còmhraig. 2. a champion: gaisgeach, curaidh, laoch, comhlannach.
Combatant, *adj.* Comhlannach.
Comber, *s.* Fear-cìridh.
Combinable, *adj.* Comh-aontach.
Combination, *s.* 4. Union for some certain purpose, association: comh-aontachd, comh-bhann. 2. union of bodies, or qualities, commixture: comh-mheasgadh, comh-cheangal. 3. copulation of ideas in the mind: comh-bhann, comh-chòrdadh.
Combine, *v. a.* et *n.* 1. Join together: comh-cheangail, comh-aontaich, comh-ṅaisg. 2. link in union: comh-cheangail, comh-ṅaisg. 3. agree, accord: comh-chòrd. 4. join words, or ideas together: comh-cheangail. 5. coalesce: comh-thàth, comh-cheangail, comh-chòrd. 6. unite in friendship, or design: comh-chòrd, comh-aontaich, comh-ṅaisg.
Combustibility, *s.* Tiormachd, so-loisgeachd.
Combustible, *adj.* So-loisgeach, fal-loisgeach tioram, lasarra.
Combustible, *s.* Fal-losgadh.
Combustion, *s.* 1. Conflagration, burning: fal-losgadh, losgadh. 2. tumult, hurry: straighlich, cachrais, ùprait.
Come, *v. n.* 1. Remove from a distant to a nearer place: thig. 2. draw near, advance towards: thig, trobhad, teann ṙi, dlùthaich. 3. move in any manner towards another: thig teann ṙi, bi am fagus. 4. proceed, issue: thig, falbh a mach. 5. advance from one style, or condition, to another: thig, rach air d' adhart. 6. be brought to some condition, either better, or worse: rhig, bi air do thoirt. 7. attain any condition, or character: ruig, thig, bi. 8. become: bi, cinn. 9. arrive at same act, or habit, or disposition: thig. 10. change from one state to another desired: thig. 11. become present, and no longer future: thig, bi làthair. 12. happen, fall out: tachair. 13. befal as an event: tachair. 14. follow as a consequence: lean, thig, tuit a mach. 15. cease very lately from some act, or state: thig, sguir. 16. come *about:* thig gu crìch, tachair. 17. come *round:* thig mu 'n cuairt. 18. follow: thig, lean. 19. return: pill. 20. reach, obtain: ruig, faigh. 21. come *by*, obtain: ruig, faigh. 22. enter: thig a stigh. 23. comply, yield: géill, strìochd. 24. arrive at a port: thig. 25. become modish, be brought into use: fàs fasanta, bi an cleachdamh. 26. make a part of a composition: thig ann, bi ann, dean suas. 27. accrue from an estate: faigh, biodh agad. 28. be gained in abundance: buidhinn, faigh. 29. be early enough to obtain: faigh, bi 'ṅ ad chuid. 30. join with, bring help: thig do, thoir do, comh-aontaich, bi maille ṙi. 31. employ with, agree to: comh-aontaich. 32. approach: dlùthaich, teann ṙi, bi am fagus. 33. proceed as a descendant from ancestors: thig. 34. proceed, as effects from their causes: sruth o, thig as. 35. deviate: falbh. 36. escape, get free: thig dheth, teich, faigh saor. 37. end an affair: crìochnaich, thig dheth. 38. leave, forbear: sguir, leig seachad. 39. come *on:* thig air d' adhart. 40. come *over:* thig a ṅall. 41. repeat an act: thig thairis a ṙìs. 42. come *out:* thig a mach. 43. come *out with:* thig a mach le. 44. come *short:* thig geàrr. 45. come *to:* thig a dh'ionnsuidh. 46. come *to himself:* thig 'g ad ionnsuidh féin. 47. come *up:* thig suas. 48. come up to: thig an àirde ṙi, thig a dh'ionnsuidh. 49. overtake: thig an àirde ṙi, beir air. 50. come *upon:* thig air. 51. happen hereafter: tachair, thig gu crìch. 52. *come,* be quick: tiugainn, thig, greas, 53. *come, come,* be reconciled: leig seachad.
Come, *part.* Teachd, tighinn.
Come, *adv.* 'Nuair thig.

COME, *s.* Fàs, cinneachadh.
COMEDIAN, *s.* 1. A player, or actor of comic parts: cleasaich, 2. a player in general: cleasaich. 3. a writer of comedies: sgrìobhair-chluichean.
COMEDY, *s.* Cluich-àbhachd.
COMELILY, *adv.* See Comely.
COMELINESS, *s.* Eireachdas, ciatachd, tlachdmhorachd.
COMELY, *adv.* 1. Graceful, decent, having dignity of mien: eireachdail, ciatach, tlachdmhor. 2. used of things; decent, according to propriety: ciatach, tlachdmhor, cubhaidh, iomchuidh, freagarrach.
COMELY, *adv.* See Comely, *adj.*
COMER, *s.* Fear-teachd.
COMESSATION, *s.* Comh-itheadh, comaidh.
COMET, *s.* Reul-chearbhach, reul-sheachrain.
COMFIT, *s.* Greim-milis, mìlsean.
COMFIT, *v. a.* Gréidh le siùcar, dean milis, milsich.
COMFITURE, *s.* See Comfit.
COMFORT, *v. a.* 1. Strengthen, enliven, invigorate: comhfhurtaich, misnich, neartaich, beothaich. 2. console: comhfhurtaich, furtaich, sòlasaich, misnich, cobhair.
COMFORT, *s.* 1. Support, assistance, countenance: comhfhurtachd, cuideachadh, còmhnadh, cobhair. 2. consolation, support under calamity, or danger: comhfhurtachd, sòlas, còmhnadh, cobhair. 3. that which gives consolation, or support in calamity: comhfhurtachd, cobhair, còmhnadh.
COMFORTABLE, *adj.* 1. Admitting comfort: socrach, sòlasach, taitneach. 2. dispensing comfort: sòlasach, taitneach, comh-fhurtachdail.
COMFORTABLENESS, *s.* Comh-fhurtachd, taitneachd.
COMFORTABLY, *adv.* See Comfortable.
COMFORTER, *s.* 1. One that administers consolation in misfortune: comhfhurtair, fear-comhfhurtachd, fear-sòlasachaidh.
COMFORTLESS, *adj.* Dubhach, do-bhrònach, gun chomhfhurtachd.
COMIC, } *adj.* 1. Raising mirth, merry: àbhachdach, cridheil, sùgach, ait, cleasanta,
COMICAL, } mear, neònach. 2. relating to comedy: a bhuineas do chluich-àbhachd.
COMICALLY, *adv.* See Comical.
COMING, *s.* 1. The act of coming: teachd, tighinn. 2. state of being come, arrival: teachd, tighinn.
COMING-IN, *s.* 1. Revenue, income: teachd-a-steach, teachd-a-stigh màl. 2. submission: strìochdadh, géilleadh. 3. introduction: tòiseachadh.
COMING, *adj.* 1. Fond, forward, ready to come: a' tighinn, togarrach, iarratach air teachd. 2. future: ri teachd.
COMITY, *s.* Sìobhaltachd, suairceas, cùirtealachd, modhalachd.
COMMA, *s.* 1. A point in writing: geàrr-phunc. 2. distinction in a general sense: punc.
COMMAND, *v. a.* et *n.* 1. Govern, give order to: òrduich, àithn, riaghail, iarr air. 2. order, direct to be done: òrduich, àithn, thoir òrdugh, thoir àithne. 3. have in power: riaghail, ceannsaich, cum fuidh, smachd. 4. overlook: amhairc thairis. 5. lead as a general: treòraich, stiùir, riaghail. 6. have the supreme authority, possess the chief power, govern: riaghail, biodh uachdranachd agad, cum fuidh ghéill.
COMMAND, *s.* 1. The right of commanding, power: riaghladh, uachdranachd, àrd-chumhachd, ùghdarras, ceannardachd, smachd. 2. cogent authority despotism: smachd, ceannas, uachdranachd, tighearnas, ain-tighearnas. 3. the act of commanding, the order given: riaghladh, òrduchadh, àithne. 4. the power of overlooking any place: amharc thairis, *no*, os ceann.
COMMANDANT, *s.* Uachdaran, riaghladair, ceannard.
COMMANDER, *s.* 1. He that has the supreme authority, a general, a leader, a chief: uachdaran, ceannard, ceann-feachd, ceann-feadhna. 2. a paving beetle: fairche-chlach. 3. an instrument of surgery: fairche léigh.
COMMANDINGLY, *adv.* Gu h-ùghdarrach, gu smachdail, gu ceannsalach.
COMMANDMENT, *s.* 1. Mandate, command, order: òrdugh, àithne, iarrtas. 2. authority, coactive power: òrdugh, àithne.
COMMANDRESS, *s.* Ban-uachdaran, ban-riaghlair.
COMMATERIAL, *adj.* Comh-bhrìgheach.
COMMEMORABLE, *adj.* Ainmeil, cuimhneachail, measail.
COMMEMORATE, *v. a.* Cuimhnich, cum cuimhneachan.
COMMEMORATION, *s.* Cuimhneachan.
COMMEMORATIVE, } *adj.* Cuimhneachail.
COMMEMORATORY, }
COMMENCE, *v. a.* et *n.* 1. Begin, make a beginning: tòisich, dean toiseach. 2. begin, take a beginning: tòisich, gabh toiseach. 3. take a new character: tòisich, gabh ort.
COMMENCEMENT, *s.* Toiseach, tùs, tòiseachadh, tionnsgnadh.
COMMEND, *v. a.* 1. Represent as worthy of notice, recommend: mol, cliùthaich. 2. deliver up with confidence: tiomain, earb. 3. praise, mention with approbation: mol, cliùthaich, dean luaidh air. 4. mention by way of keeping in memory, recommend to remembrance: dean iomradh air, dean luaidh air, mol. 5. produce to favourable notice: mol, cliùthaich, taisbein.
COMMENDABLE, *adj.* Cliù-thoillteanach.
COMMENDABLY, *adv.* See Commendable.
COMMENDATION, *s.* 1. Recommendation, favourable representation: deadh theisteanas. 2. praise, declaration of esteem: cliù, moladh. 3. ground of praise: cliù, moladh, teisteanas. 4. message of love: teachdaireachd-gaoil, litir leannanachd.
COMMENDATORY, *adj.* 1. Favourably representative: moltach, cliùiteach. 2. delivering up with pious hope: a' tiomnadh.
COMMENDATORY, *s.* Moladh, luaidh measail, cliùthachadh.
COMMENDER, *s.* Fear-molaidh, fear-cliùthachaidh.
COMMENSURATE, *adj.* 1. Reducible to some common measure: comh-thòimhseach. 2. equal, proportionable to each other: comh-thòimhseach.
COMMENT, *v. a.* et *n.* 1. Explain: mìnich, leudaich, dean brìgh-mhìneachadh. 2. devise, feign:

tionnsgain. 3. annotate, write notes upon an author: leudaich, mìnich le sgrìobhadh. 4. make remarks: aithris barail mu.

COMMENT, *s.* 1. Annotations on an author, notes: brìgh-mhìneachadh. 2. remarks, observation: seadh-bhriathar, ciall-bhriathar.

COMMENTARY, *s.* 1. An exposition, book of annotations or remarks: mìneachadh, leabhar-mìneachaidh. 2. memoir, narrative in a familiar manner: eachdraidh ghoirid.

COMMENTATE, *v. n.* See Annotate.

COMMENTATOR, *s.* Fear-mìneachaidh, fear-soilleireachaidh.

COMMERCE, *s.* 1. Intercourse, exchange of one thing for another: coimh-cheannachd, malairt. 2. common or familiar intercourse: comh-chuidheachd, comh-chomunn.

COMMERCE, *v. n.* 1. Traffic: malairtich, bi coimhcheannachd. 2. hold intercourse with: cum cuideachd ri.

COMMERCIAL, *adj.* Malairteach, anns am bheil coimhcheannachd.

COMMERCIALLY, *adv.* See Commercial.

COMMINATION, *s.* Bagradh, maoidheadh.

COMMINATORY, *adj.* Bagarrach, maoidheach.

COMMINGLE, *v. a.* et *n.* Coimeasg, cuir an ceann a chéile.

COMMINUIBLE, *adj.* Bristeach, pronn.

COMMINUTE, *v. a.* Meil, pronn, mìn-phronn, mìnich.

COMMINUTION, *s.* 1. The act of grinding into small parts: meileadh, mìn-phronnadh. 2. attenuation: tanachadh, deanamh caol.

COMMISERABLE, *adj.* Truagh, truaghanta, airidh air truas.

COMMISERATE, *v. a.* Gabh truas ri, truasaich.

COMMISERATION, *s.* Truas, iochd, bàigh, comh-fhulangas, comh-mhothachadh.

COMMISERATIVE, *adj.* Iochdmhor, bàigheil, tròcaireach, comh-fhulangach.

COMMISERATIVELY, *adv.* See Commiserative.

COMMISERATOR, *s.* Comhfhurtair, fear-gabhail truais.

COMMISSARY, *s.* 1. An officer made occasionally for a certain purpose, a deputy: fear ionaid oifigich. 2. a title of ecclesiastical jurisdiction: comasdair. 3. an officer who draws up lists of the numbers of an army, and regulates the conveyance of provision and ammunition: comasdair.

COMMISSION, *s.* 1. The act of entrusting any thing: earbsa, barantas. 2. a trust, a warrant by which any thing is held: barantas, cumhachd, ùghdarras. a warrant by which a military officer is constituted: còir sgrìobhta oifigich. 4. a charge, a mandate, office, employment: cùram, barantas, cumhachd, dreuchd. 5. act of committing a crime, perpetration: dèanamh, cur an gnìomh. 6. a number of people joined in a trust or office: luchd-dreuchd, luchd-gnothaich.

COMMISSION, *v. a.* 1. Empower, appoint: earb ri, ùghdaraich, thoir cumhachd do. 2. send with mandate or authority: ùghdaraich, cuir an dreuchd, cuir le ùghdarras.

COMMISSIONAL, *adj.* Barantail, barantach.

COMMISSIONARY, *adj.* Barantaichte.

COMMISSIONATE, *v. a.* Ùghdaraich, thoir cumhachd do.

COMMISSIONER, *s.* Cumhachdair.

COMMIT, *v. a.* 1. Intrust, put into the hands of another: earb ri, cuir an comas, leig fuidh chumhachd. 2. put in any place to be kept safe: thoir seachad do, tiomain. 3. imprison: cuir am prìosan, cuir an làimh. 4. perpetrate, do a fault: dean, cuir an gnìomh, ciontaich. 5. place in a state of hostility: cuir an aghaidh a chéile.

COMMITMENT, *s.* 1. Imprisonment: prìosanachadh. 2. an order for sending to prison: barantas-glacaidh.

COMMITTEE, *s.* 1. Those to whom the consideration or ordering of any matter is referred: cuideachd-riaghlaidh, comunn-riaghlaidh. 2. the person to whom the care of an idiot, or of an idiot's estate is committed: taoitear.

COMMITTEESHIP, *s.* Dreuchd cuideachd-riaghlaidh.

COMMITTER, *s.* Fear-cur an gnìomh.

COMMIX, *v. a.* et *n.* 1. Mingle, blend: coimeasg, measgaich. 2. unite: coimeasg.

COMMIXION, *s.* Coimeasg, coimeasgadh.

COMMIXTURE, *s.* 1. The act of mingling, the state of being mingled: coimeasgadh. 2. compound: coimeasg, coimeasgadh.

COMMODE, *s.* Currachd, deise-cheann bhain-tighearnan.

COMMODIOUS, *adj.* 1. Convenient, suitable: coimhdheas, feumail, freagarrach, iomchuidh, goireasach. 2. useful, suited to wants or necessities: feumail, iomchuidh, cubhaidh, freagarrach, goireasach.

COMMODIOUSLY, *adv.* See Commodious.

COMMODIOUSNESS, *s.* Freagarrachd, iomchuidheachd, gairios, feumalachd.

COMMODITY, *s.* 1. Interest, advantage, profit: tairbhe, leas, feumalachd, maith, buannachd. 2. convenience: feumalachd, gairios. 3. wares, merchandise: bathar.

COMMODORE, *s.* 1. The captain who commands a squadron of ships: ceannard cabhlaich. 2. a select ship in the fleet of merchantmen which leads the van in the time of war: long-thoisich cabhlaich.

COMMON, *adj.* 1. Belonging equally to more than one: cumanta, coitchionn. 2. having no possessor or owner: cumanta, coitchionn, 3. vulgar, mean, not distinguished by any excellence: cumanta, suarach. 4. public, general, serving the use of all: cumanta, coitchionn. 5. of no rank, mean: cumanta ìosal. 6. frequent, usual, ordinary: coitchionn, gnàthaichte, àbhaiseach. 7. prostitutue: cumanta.

COMMON, *s.* Talamhcumanta, ionaltradh coitchionn.

COMMON, *adv.* See Common, *adj.*

IN COMMON. 1. Equally to be participated by a certain number: an cumantas, coimh-ionannas. 2. equally with another, indiscriminately: coimh-ionannas, an cumantas, an coitchiontas.

COMMON, *v. n.* Compàirtich, bi an roinn.

COMMON-LAW, *s.* Lagh coitchionn, lagh gnàthaichte.

COMMONAGE, *s.* See Common, *s.*
COMMONALTY, *s.* An cumanta, tuath, ceathairne.
COMMONER, *s.* 1. One of the common people, a man of low rank: coitchionnach, duine-cumanta, ceatharnach. 2. a man not noble: duine-cumanta, ceatharnach, tuathanach. 3. a man who has a joint right in common ground: compàirtiche. 4. a prostitute: tè chumanta, bean chumanta.
COMMONITION, *s.* Comhairle, rabhadh, sanas.
COMMONLY, *adv.* See Common, *adj.*
COMMONERS, *s.* 1. Equal participation among many: cumantachd, cumantas. 2. frequency: cumantachd, cumantas, coitchiontas.
COMMON-PLACE, *v. a.* Cuir fuidh chinn sgrìobhaidh.
COMMONS, *s.* 1. The vulgar, the lower people, those who inherit no honours: an cumanta, ceathairne, tuath. 2. the lower house of parliament, by which the people are represented: tuath-chomhairle. 3. food, fare, diet: biadh, lòn, comh-ithe.
COMMONWEAL, } *s.* 1. A polity, an established
COMMONWEALTH, } form of civil life: comh-fhlaitheachd. 2. the public, the general body of the people: muinntir, pobull, sluagh.
COMMORANCE, *s.* Còmhnuidh, ionad-tàimh, àite-fuirich.
COMMORANT, *adj.* Còmhnuidheach.
COMMORATION, *s.* Comh-fhuireach.
COMMOTION, *s.* 1. Tumult, disturbance, public disorder: buaireas, luasgan, eas-òrdugh, aimhreit. 2. perturbation, disorder of mind: buaireas, troimh-chéile, luasgan. 3. disturbance, restlessness: buaireas, luasgan, ùprait, eachrais.
COMMOTIONER, *s.* Fear-buaireis.
COMMUNE, *v. n.* Comh-labhair, labhair ri.
COMMUNICABILITY, *s.* Compàirteachd.
COMMUNICABLE, *adj.* 1. That which may become the common possession of more than one: compàirteach, còmhraidhteach. 2. that which may be recounted: còmhraidhteach, conaltrach. 3. that which may be imparted: so-roinnte, so-phàirtichte. 4. communicative, not selfish: compàirteach, còmhraidhteach, conaltrach.
COMMUNICABLENESS, *s.* Compàirteachd, còmhraidhteachd.
COMMUNICANT, *s.* Comanaiche.
COMMUNICATE, *v. a.* et *n.* 1. Impart to others what is in our own power: compàirtich, builich, thoir seachad. 2. reveal, impart knowledge: aithris, innis, cuir an céill, taisbein, comh-labhair, comh-roinn. 3. share with another, participate: compàirtich, comh-roinn. 4. partake of the sacrament: comanaich. 5. have something in common with another: bi an compàirt, bi an companas.
COMMUNICATION, *s.* 1. The act of imparting benefits or knowledge: compàirteachadh, conaltradh, cur an céill. 2. common boundary or inlet: rathad, slighe-fhosgailte. 3. interchange of knowledge, good intelligence between several persons: comh-chaidreamh, comh-chaidreachas. 4. conference, conversation: comh-chainnt, còmhradh, conaltradh: participation of the blessed sacrament: commanachadh.

COMMUNICATIVE, *adj.* Compàirteach, còmhraidhteach.
COMMUNICATIVENESS, *s.* Compàirteachd.
COMMUNION, *s.* 1. Intercourse, fellowship: companas, compantas, comunnachadh, comunn, comh-chomunn. 2. the common or public celebration of the Lord's supper: comanachadh. 3. a common or public act: comunn comh-chuideachd. 4. union in the common worship of any church: comunnachadh.
COMMUNITY, *s.* 1. The commonwealth, the body politic: comunn, comh-chuideachd, comh-fhlaitheachd. 2. common possession: comh-roinn, comh-chuideachd, compàirt.
COMMUTABILITY, *s.* Malairteachd, iomlaideachd.
COMMUTABLE, *adj.* Iomlaideach, comh-iomlaideach, malairteach.
COMMUTATION, *s.* 1. Charge, alteration: iomlaid, comh-iomlaid, mùthadh, malairt, suaip. 2. exchange, the act of giving one thing for another: iomlaid, comh-iomlaid, malairt, suaip, éiric. 3. ransom: éiric, dìoladh.
COMMUTATIVELY, *adv.* See Commutative.
COMMUTE, *v. a.* et *n.* 1. Exchange: iomlaidich, malairtich, mùth, caochail. 2. buy off, or ransom one obligation by another: diol éiric, thoir dìoladh air son, pàidh. 3. atone, bargain for exemption: dìol, pàidh, dìol éiric.
COMMUTUAL, *adj.* Comh-iomlaideach, air gach taobh.
COMPACT, *s.* A contract, an accord, an agreement: coimhcheangal, comh-bhann, comh-chòrdadh, cùmhnanta, réiteach, 2. structure, compacture: comh-dhlùthachadh.
COMPACT. *v. a.* 1. Join together with firmness: coimhcheangail, comh-dhlùthaich, comh-naisg, daingnich, comh-thàth, dìnn. 2. make out of something: thoir á. 3. league with: cùmhnantaich, rach an comh-bhoinn. 4. join together, bring into a system: coimh-cheangail, comh-naisg,
COMPACT, *adj.* 1. Firm, solid, close, dense: teann. daingean, ceangailte, dinnte. 2. composed, consisting: comh-dhùinte, comh-dhèanta, air a chur r' a chéile, comh-dhlùth. 3. joined, held together: coimh-cheangailte, comh-dhlùthaichte, comh-dhlùthta, comh-dhaingnichte. 4. brief and well connected: aithghearr, goirid, dlùth-bhriathrach, comh-dhlùth.
COMPACTEDLY, *adv.* See Compact, *adj.*
COMPACTEDNESS, } *s.* Daingneachd, dinnteachd,
COMPACTNESS, } dlùithead.
COMPAGINATION, *s.* Aonadh, tàthadh, comh-thàthadh.
COMPANIABLE, *adj.* Cuideachdail, companta, fial.
COMPANIABLENESS, *s.* Compantas, fialachd, suilbhireachd.
COMPANION, *s.* 1. One with whom a man frequently converses: companach, cùmhlan, coimpire, fear-comuinn. 2. a partner. an associate: companach, còmhlan, comh-oibriche. 3. a fellow: companach.
COMPANIONABLE, *adj.* Cuideachdail, companta, fial, suilbhir.
COMPANIONABLY, *adv.* See Companionable.

Companionship, *s.* 1. Company, train: cuideachda, buidheann. 2. fellowship, association: compantas, comh-chuideachd.

Company, *s.* 1. Persons assembled together, a body of men: cuideachd, buidheann, còisir, baidne, grunnan. 2. an assembly of pleasure: cuideachd, còisir, bannal. 3. persons considered as assembled for conversation: cuideachda, comunn, comh-chuideachd. 4. the state of a companion, conversation, fellowship: cuideachdas, conaltradh. 5. a band: buidheann, comunn, comh-chuideachd. 6. persons united in a joint trade or partnership: comh-chuideachd. 7. a body corporate: comh-chuideachd, comunn. 8. a subdivision of a regiment of foot: cuideachd. 9. *bear or keep company:* cum cuideachd ri.

Company, *v. a.* et *n.* 1. Accompany: coimh-chéimnich, dean companach dheth. 2. associate one's self with: comunnaich, coimh-chéimnich, bi 'n cuideachd. 3. have commerce with another sex: comunnaich.

Comparable, *adj.* Comh-ionann, coimheasda.

Comparably, *adv.* See Comparable.

Comparative, *adj.* 1. Estimated by comparison: coimeas, mar choimheart, a réir coimeis. 2. having the power of comparing different things: a ñi coimeas. 3. in grammar, the degree so called: coimeas.

Comparatively, *adv.* See Comparative.

Compare, *v. a.* et *n.* 1. Make one thing the measure of another: coimeas, samhlaich. 2. vie: coimeas, samhlaich, dean strì ri.

Compare, *s.* 1. The state of being compared, comparative estimate: coimeas, coimheart. 2. simile, similitude: coimeas, samhladh, cosmhulachd.

Comparer, *s.* Fear-coimeis.

Comparing, *s.* Coimeas, samhlachadh.

Comparison, *s.* 1. The act of comparing: coimeas, samhlachadh. 2. The state of being compared: coimeas, cosmhuileachd, coltas. 3. comparative, estimate, proportion: coimeas, coimheart. 4. a simile in writing or speaking: coimeas, samhladh, cosmhuileachd. 5. the formation of an adjective: coimeas.

Compart, *v. a.* Ath-roinn, roinn gu min, compàirtich.

Compart, *s.* Mìr, earrann, roinn, ball.

Compartment, *s.* Roinn, earrann.

Compartition, *s.* 1. The act of comparting or dividing: roinn, compàirteachadh. 2. a separate part: roinn, earrann, cuid, comh-roinn.

Compass, *v. a.* 1. Encircle, environ, surround: cuairtich, iomdhruid, iadh mu. 2. walk round any thing: cuairtich, rach timchioll. 3. beleaguer, besiege: iomdhruid, séisd. 4. grasp, inclose in the arms, seize: glac, dean greim air, iadh uime. 5. obtain, procure, attain: faigh.

Compass, *s.* 1. Circle, round: cuairt, cearcall. 2. extent, reach, grasp: farsuingeachd, tomhas, meud, leud. 3. space, room, limit: farsuingeachd, meud, leud. 4. enclosure, circumference: cuairt. 5. an indirect advance: cuairt. 6. moderate space, due limits: crìochan. 7. the power of the voice to express the notes of music: uchdach. 8. the instrument with which circles are drawn: combaiste, gobhal-roinn. 9. a mariner's compass: cairt-iùil.

Compass-saw, *s.* Cuairt-shàbh.

Compassion, *s.* Truas, iochd, comh-mhothachadh, comhfhulangas.

Compassion, *v. a.* Comh-mhothaich, comh-fhurtaich, truasaich.

Compassionable, *adj.* Truaghanta.

Compassionate, *adj.* 1. Inclined to compassion, merciful: truacanta, iochdmhor, comh-mhothachail, comh-fhulangach, tròcaireach. 2. exciting compassion, pitiable: truaghanta.

Compassionate, *v. a.* Gabh truas ri, comh-mhothaich, comh-fhurtaich, truasaich air.

Compassionately, *adv.* See Compassionate, *adj.*

Compatibility, *s.* Comh-chòrdalachd, comh-fhreagarrachd.

Compatible, *adj.* 1. Suitable to, fit for, consistent with: comh-chòrdail, comh-fhreagarrach, iomchuidh, cubhaidh. 2. consistent, agreeable: comhfhreagarrach, comh-chòrdail.

Compatibly, *adv.* See Compatible.

Compatient, *adj.* Comh-fhulangach.

Compatriot, *s.* Comh-thìreach, fear-dùthcha.

Compeer, *s.* Companach, còmhlan.

Compel, *v. a.* 1. Force to some act, oblige: comh-éignich, éignich, thoir air. 2. take by force or violence, ravish from: buin uaithe, spion air falbh. 3. gather together and unite in a company: iomain, cruinnich, trus. 4. seize, overpower: glac, smachdaich, cìosnaich.

Compellable, *adj.* So-éigineach.

Compellably, *adv.* See Compellable.

Compellation, *s.* Fàilte, furan.

Compeller, *s.* Éigneach; fear-éigneachaidh.

Compend, *s.* Giorradan, suim-sgrìobhaidh, brìgh sgeoil.

Compendiate, *v. a.* Cuir am briathraibh aithghearr, giorraich.

Compendious, *adj,* Goirid, aithghearr, geàrr-bhrìgheach.

Compendiously, *adv.* See Compendious.

Compendiousness, *s.* Giorrad.

Compendium, *s.* Giorradan.

Compensate, *v. a.* Dìol, pàidh, ìoc, toilich, thoir seachad fiach, *no*, luach, comh-leasaich.

Compensation, *s.* Dìol, dìolaidheachd, pàidheadh, ìocadh, éiric, comh-leasachadh.

Compensative, *adj.* Ìocar, a dh' ìocas.

Competency, *s.* Such a quantity of any thing as is sufficient without superfluity: pailteas, cuimse, foghnadh, cuibhrionn iomchuidh. 2. such a fortune, as without exuberance, is equal to the conveniences of life: cuimse, foghnadh, pailteas, ni 's leòir.

Competent, *adj.* 1. Suitable, fit, adequate: iomchuidh, freagarrach, comh-fhreagarrach, cubhaidh. 2. adapted to any purpose: comh-fhreagarrach, cuimseach, iomchuidh, cubhaidh. 3. reasonable, moderate: reusonta, cuimseach, iomchuidh. 4. qualified, fit: comasach, murrach, iomchuidh,

cuimseach, freagarrach. 5. consistent with: comh-fhreagarrach, cubhaidh, coimh-sheasmhach.
COMPETENTLY, *adv.* See Competent.
COMPETIBLENESS, *s.* Freagarrachd, iomchuidheachd.
COMPETITION, *s.* 1. The act of endeavouring to gain what another endeavours to gain at the same time: comh-dheuchainn, cothachadh, coimh-shreip, comh-stri. 2. doubleclaim: comh-dhlighe.
COMPETITOR, *s.* Fear coimh-shreip, comh-shuiridh-each.
COMPETITRESS, *s.* Ban-choimh-shreipiche.
COMPILATION, *s.* 1. A collection from various authors: comh-chruinneachadh, comh-thional. 2. an assemblage, a coacervation: comh-chruinn-eachadh, coimhthional.
COMPILATOR, *s.* Comh-chruinniche, trusaiche.
COMPILE, *v. a.* 1. Draw up from various authors: comh-chruinnich, tionail, trus. 2. write, compose: sgrìobh, cuir a suas, comh-chruinnich. 3. put together, build: comh-thog.
COMPILEMENT, *s.* Comh-chruinneachadh, comh-thional, comh-chàrnadh
COMPILER, *s.* Comh-chruinniche, trusaiche.
COMPLACENCE, COMPLACENCY, *s.* 1. Pleasure, satisfaction, gratification: tlachd, taitneas, sòlas. 2. the cause of pleasure, joy: toil-inntinn, aoibhneas, mòr-thlachd. 3. civility complaisance, softness of manners: aoidhealachd suilbhireachd, modhalachd, sìobhaltachd, suairceas.
COMPLACENT, *adj.* Modhail, sìobhalt, suairce, aoidheil, caoin.
COMPLACENTLY, *adv.* See Complacent.
COMPLAIN, *v. n.* Mention with sorrow, or resentment, murmur, lament: gearanaich, gearain, talaich. 2. inform against: casaidich, dean casaid.
COMPLAINABLE, *adj.* Gearanach.
COMPLAINANT, *s.* Fear-agairt dìolaidh.
COMPLAINER, *s.* Fear-gearain, fear-cumha.
COMPLAINING, *s.* Gearan, casaid, talach.
COMPLAINT, *s.* 1. Representation of pains, or injuries: gearan, casaid. 2. the cause, or subject of complaint, grief: cuis-ghearain, mulad, bròn, caoidh. 3. a malady, a disease: acain, euslaint, galar, tinneas. 4. remonstrance against: casaid.
COMPLAISANCE, *s.* Sìobhaltachd, suairceas, modhalachd, suilbhireachd.
COMPLAISANT, *adj.* Sìobhalt, modhail, suilbhir, suairc, faoilidh.
COMPLAISANTLY, *adv.* See Complaisant.
COMPLANATE, COMPLANE, *v. a.* Dean còmhnard, dean réidh.
COMPLEMENT. *s.* 1. Perfection, fulness, completion: comh-lìonaidh, iomlanachd, làn-àireamh. 2. complete set, the full number: coimh-lion, làn-àireamh. 3. adscititious circumstances: comh-leanailt.
COMPLETE, *adj.* 1. Perfect, full, having no deficiencies: iomlan, coimhlionta, foirfe. 2. finished, ended, concluded: crìochnaichte, deas, ullamh.
COMPLETE, *v. a.* Dean iomlan, no, coimhlionta, crìochnaich.
COMPLETELY, *adv.* See Complete.
COMPLETEMENT, *s.* Coimhlionadh, crìochnachadh.
COMPLETENESS, *s.* Iomlaineachd, foirfeachd.
COMPLETION, *s.* 1. Accomplishment, act of fulfilling: coimh-lionadh, crìochnachadh. 2. utmost height, perfect state: iomlanachd, foirfeachd.
COMPLETIVE, *adj.* A' coimh-lionadh.
COMPLEX, *adj.* Duilich, deacair, ciogailteach, iom-fhillteach, neo-shoilleir.
COMPLEXION, *s.* 1. The inclosure, or involution of one thing in another: cothlamadh, comh-fhilleadh. 2. the colour of the external parts of any body: tuar, neul, dreach, snuadh, coltas, fiamh. 3. the temperature of the body: gnè, nàdur.
COMPLEXIONAL, *adj.* A réir gnè, nàdurra.
COMPLEXIONED, *adj.* Tuarail.
COMPLEXLY, *adv.* See Complex, *adj.*
COMPLEXURE, *s.* Filleadh.
COMPLIABLE, *adj.* Lùbach, so-ghéillidh.
COMPLIANCE, *s.* 1. The act of yielding to any desire, or command: strìochdadh, géilleadh aontachadh. 2. a disposition to yield to others, complaisance: aontachadh, géilleadh, sìobhaltachd.
COMPLIANT, *adj.* 1. Yielding, bending: aontach, comh-aontach, so-lùbaidh, soirbh, soitheamh. 2. civil, complaisant: modhail, sìobhalt, suairc.
COMPLIANTLY, *adv.* See Compliant.
COMPLICATE, *v. a.* 1. Entangle one with another, join: coimh-fhilltich, cuir an amladh a chéile, aimh-reitich. 2. unite by involution of parts one in another: coimh-fhilltich, cuir an amladh a chéile, aimhreitich, figh. 3. form by complication, form by the union of parts into one integral: coimh-fhilltich, cuir an amladh a chéile, figh, dean comh-dhualadh.
COMPLICATE, *adj.* Comh-fhillte, iomfhilltichte, duilich r' a thuigsinn, deacair, iomaghnèitheach.
COMPLICATELY, *adv.* See Complicate.
COMPLICATENESS, *s.* Deacaireachd, amladh, iom-fhillteachadh.
COMPLICATION, *s.* 1. The act of involving one thing in another: amladh, iom-fhillteachadh, comh-dhualadh, ribeadh, coimeasgadh. 2. the state of being involved one with another: iom-fhillteachadh. 3. the integral, consisting of many things involved: coimeasgadh, comh-thional.
COMPLIER, *s.* Fear-aontachaidh, fear-comh-aontachaidh.
COMPLIMENT, *s.* Moladh, miodal, icmachagrar.
COMPLIMENT, *v. a.* et *n.* 1. Sooth with acts, or expressions of respect: mol, thoir meas do, dean miodal ri, cliùthaich, cuir an àirde. 2. use ceremonious, or adulatory language: mol, brosguil, cliùthaich, bi ri goileam.
COMPLIMENTAL, *adj.* Moltach, miodalach, brosgulach, mìn-bheulach.
COMPLIMENTALLY, *adv.* See Complimental.
COMPLIMENTER, *s.* Sodalach, fear-molaidh, fear mìn-bheulach, *no*, mìn-bhriathrach.
COMPLORE, *v. a.* Comh-ghuil, comh-chaoidh, comh-chaoin.
COMPLOT, *s.* Comh-bhann, coimh-chealg, ceannairc dhìomhair.

Complot, *v. a.* Rach an comh-bhoinn, gabh claon-chombairle.

Complotter, *s.* Fear-ceannairc, fear coimh-cheilg.

Comply, *v.n.* Aontaich, comh-aontaich, strìochd, géill.

Componderate, *v. a.* Comh-chothramaich.

Component, *adj.* A' deanamh suas, a' coimh-dhèanamh.

Comport, *v. a.* et *n.* 1. Bear, endure: giùlain, iomchair, fuiling. 2. behave, carry: giùlain, iomchair. 3. agree, suit: comh-chòrd, comh-fhreagair. 4. bear: giùlain, iomchair.

Comport. *s.* Giùlan, iomchar gnàths, beus.

Comportable, *adj.* Co-sheasmhach, freagarrach, cubhaidh, iomchaidh.

Comportance, **Comportation**, **Comportment**, *s.* Giùlan, iomchar, gnàths, beus, caitheamh-beatha.

Compose, *v. a.* 1. Form a mass by joining different things together: coimh-dhèan, dean suas, comh-chuir, comh-dhlùthaich. 2. place any thing in its proper form and method: comh-chuir, càirich, socraich, leag. 3. dispose, put in the proper state for any purpose: càirich, suidhich, socraich, ceartaich. 4. put together a discourse, or sentence: coimh-dhèan, comh-chuir, sgrìobh. 5. constitute by being parts of a whole: comh-dhèan, dean suas. 6. calm, quiet: sìthich, ciùinich, dean sàmhach. 7. adjust the mind to any business: suidhich, socraich. 8. adjust, settle: ceartaich, dean réidh. 9. (with printers) arrange the letters: comh-dhlùthaich, comh-chuir.

Composed, *adj.* Suidhichte, socraichte, ciùin, sàmhach, neo-ghluasadach.

Composedly, *adv.* See Composed.

Composedness, *s.* Suidheachadh, ciùin, ciùineachd, ciùineas, sàmhachd.

Composer, *s.* 1. An author, a writer: ùghdair, sgrìobhair. 2. he that adapts the music to words, he that forms a tune: fear-dèanaimh fhonn. 3. a compositor, he that adjusts the types for the printing: clòdhadair. 4. one who composes, or adjusts a thing: fear comh-dhèanaimh, fear-deasachaidh.

Composition, *s.* 1. The act of forming an integral from various dissimilar parts: coimh-dhèanamh, comh-chur. 2. the act of bringing simple ideas into complication: coimh-dhèanamh, comh-chur, sgrìobhadh. 3. a mass formed by mingling different ingredients: coimeasgadh, coimh-mheasgachd. 4. the state of being compounded, union, combination: coimh-mheasgachd, comh-aontachd, cothlamadh, comh-dhlùthadh. 5. the arrangement of various figures in a picture: comh-chur, comh-shuidheachadh. 6. written work: sgrìobhadh, obair-ùghdair. 7. adjustment, regulation: suidheachadh, socrachadh, deasachadh, riaghailt. 8. compact, agreement: comh-chòrdadh. 9. the act of discharging a debt by paying part: cuid-ìocadh. 10. consistency, congruity: comh-chòrdadh, comh-sheasmhachd, comh-chrochadh. 11. (in grammar) the joining of two words together: comh-thàthadh. 12. the synthetical method of demonstration: coimh-dhearbhadh.

Compositor, *s.* 1. He that ranges and adjusts the types in printing: clòdhadair, clòdh-fhear. 2. he that composes or setteth a thing in order: fear coimh-dhèanaimh, fear-deasachaidh.

Compost, *s.* 1. A mixture of various substances for enriching the ground, manure: mathachadh, leasachadh, coimheasgadh aolaich. 2. any mixture or composition: coimeasgadh, cothlamadh.

Compost, *v. n.* Mathaich, leasaich, cuir innear air, aolaich.

Composure, *s.* 1. The act of composing or inditing: coimh-dhèanamh, comh-chur. 2. arrangement, combination, mixture, order: òrduchadh, suidheachadh, coimh-dhèanamh, riaghailt. 3. the form arising from the disposition of the various parts: suidheachadh. 4. frame, make, temperament: suidheachadh, cumadh, dealbh. 5. adjustment: suidheachadh. 6. composition. See Composition. 7. sedateness, calmness, tranquillity: sàmhchair, sìthealachd, sìth-shàimh. 8. agreement, composition, settlement of differences: comh-chòrdadh, sàmhchair, sìo-chainnt.

Compotation, *s.* Comh-òl, comh-phòitearachd.

Compotator, *s.* Comh-phòitear.

Compound, *v. a.* et *n.* 1. Mingle many ingredients together in one mass: coimeasg, cuir cuideachd. 2. form by uniting various parts: coimeasg, measg, coimh-dhèan. 3. mingle in different positions, combine: coimeasg, coimh-dhèan, comh-shuidhich. 4. form one word from two or more words: comh-thàth, dean focal dùbailte. 5. compose by being united: comh-chuir, coimh-cheangail, cuir cuideachd, comh-thàth. 6. adjust a difference: dean comh-chòrdadh. 7. discharge a debt by paying only a part: cord ri luchd-fiachan. 8. come to terms of agreement, by abating something of the first demand: comh-chòrd, bi an réite. 9. bargain in the lump: comh-chòrd, thig gu cumhachan. 10. come to terms by granting something new: comh-chòrd, thig gu cumhachan.

Compound, *adj.* 1. Formed out of many ingredrients, not simple: coimeasgta, air a dheanamh suas. 2. (in grammar): dùbailte.

Compound, *s.* Coimeasgadh, meall coimeasgta.

Compoundable, *adj.* So-choimeasgta.

Compounder, *s.* 1. One who endeavours to bring parties to terms of agreement: fear-deanaimh na sìthe, fear-réite. 2. a mingler: fear-measgachaidh.

Comprehend, *v. a.* 1. Comprise, include, contain, imply: comh-fhilltich, cuir a sìos fuidh, gabh a stigh. 2. contain in the mind, understand, conceive: measraich, tuig, cuimsich.

Comprehensible, *adj.* So-mheasraichte, so-thuigsinn.

Comprehensibly, *adv.* See Comprehensible.

Comprehension, *s.* 1. The act or quality of containing or comprising, inclusion: gabhail a stigh, comh-fhilleadh. 2. summary, compendium: giorradan. 3. knowledge, capacity: measrachadh, tuigse, eòlas, breithneachadh, toinisg, ciall, reum.

Comprehensive, *adj.* 1. Having the power to comprehend or understand many things at once:

tuigseach, eagnaidh, ciallach. 2. having the quality of comprising much: seadhail, seadhach, brìgheil, brìoghmhor, ciallach.
Comprehensively, *adv.* See Comprehensive.
Comprehensiveness, *s.* 1. The quality of including much in a few words or narrow compass: brìghealachd, seadhachas. 2. the power of understanding all things: tuigse, mòr-bhreithneachadh, uil-fhiosrachd.
Compress, *v. a.* 1. Force into a narrower compass: dlùthaich, teannaich, dinn, comh-bhruth, bruth. 2. embrace: comh-bhruth, dinn, teannaich 'n a d' ghlacaibh.
Compress, *s.* Adhartan teannachaidh, stail anairt.
Compressible, *adj.* So-dhìnnte, so-theannachaidh.
Compressibleness, *s.* Daingneachd, teanntachd, dlùthas.
Compression, *s.* Daingneachadh, teannachadh, dlùthachadh, dinneadh.
Compressure, *s.* Bruthadh, dinneadh.
Comprise, *v. a.* Cum, gabh, gléidh.
Comprobate, *v. n.* Comh-fhreagair, comh-chòrd, comh-dhearbh.
Comprobation, *s.* Comh-dhearbhadh, comh-dhaingneachadh.
Compromise, *s.* 1. An agreement to end a controversy by arbitrement: cùmhnanta-réitich, comh-chòrdadh. 2. a compact with some concessions on each side: comh-chòrdadh.
Compromise, *v. a.* et *n.* 1. Compound, adjust a compact by mutual concessions: com-chòrd, thoir gu còrdadh, no, réite, dean suas. 2. accord, agree: comh-chòrd, thig gu còrdadh.
Comptress, *s.* Cuimireachd, guamachd.
Comptrol, *v. a.* Ceannsaich, smachdaich, riaghail, cum fuidh cheannsal.
Comptroller, *s.* Riaghladair, fear-seòlaidh, fear cumail chunntas tigh-chuspuinn.
Comptrollership, *s.* Riaghladaireachd, dreuchd an tigh-cuspuinn.
Compulsatory, *adj.* Éigineach, ainneartach, ag éigneachadh.
Compulsion, *s.* 1. The act of compelling to something: coimh-éigneachadh, éigneachadh, ainneart. 2. the state of being compelled, violence suffered: coimh-éigin, ainneart.
Compulsive, *adj.* Éigineach, ainnearteach, aindeonach.
Compulsively, *adv.* See Compulsive.
Compulsory, *adj.* See Compulsive.
Compunction, *s.* 1. The power of pricking, irritation: bioradh. 2. repentance, contrition: cràdh-coguis, bioradh-coguis, aithreachas, agartas-coguis, comh-bhrùighteachd.
Compunctious, *adj.* Aithreachail.
Compurgation, *s.* Fìreanachadh air teisteanas neach eile, comh-dhaingneachadh.
Computable, *adj.* Àireamhach, a ghabhas cunntas.
Computate, *v. a.* Àireamh, cunnt, cuir suas.
Computation, *s.* 1. Calculation: àireamh, cunntas. 2. the sum collected by computation: àireamh, cunntas, suim.
Compute, *v. a.* Àireamh, cunnt, meas, innis a luach.
Computer, *s.* Àireamhach, uibhreachan.
Comrade, *s.* 1. One who dwells in the same house or chamber: companach, còmhlan, comh-sheòmraiche. 2. a companion, a partner in any labour or danger: companach, comh-oibriche, còmhlan.
Con, *v. a.* 1. Know: aithnich, gabh eòlas air. 2. 2. study, commit to memory: breithnich, smuainich, ionnsaich air do theanga.
Concamerate, *v. a.* Dean cròm-chlachaireachd.
Concameration, *s.* Cròm-chlachaireachd.
Concatenate, *v. a.* Coimh-cheangail, comh-thàth, cuir 's a chéile mar shlabhraidh, comh-chuibhrich.
Concatenation, *s.* Comh-chuibhreach, comh-chrochadh, comh-thàthadh.
Concavation, *s.* Deanamh còsach, comh-chòsachadh.
Concave, *adj.* Còsach, comh-chòsach.
Concave, *s.* Comh-chòs, cobhan, cuas.
Concave, *v. a.* Comh-chòsaich.
Concaveness, *s.* Còsaichead.
Concavity, *s.* Còs, comh-chòs, cobhan, cuas.
Concause, *s.* Cùis dà mhuinntir.
Conceal, *v. a.* Ceil, folaich, cum am folach.
Concealable, *adj.* Cleitheach, ceilteach, so-fholach.
Concealer, *s.* Fear-folaich, fear-ceiltinn, fear-rùin.
Concealing, *s.* Cleith, folach.
Concealment, *s.* 1. The act of hiding, secrecy: cleith, ceiltinn. 2. the state of being hid, privacy: cleith, ceiltinn, folach. 3. hiding place, retreat: ionad-folaich, ionad-dìomhair.
Concede, *v. a.* et *n.* 1. Yield, admit, grant: comh-cheadaich, leig seachad, aontaich, géill, striochd, fuiling leig le, deònaich. 2. admit, grant: comh-cheadaich, aidich, leig seachad, leig thairis, aontaich le, luasaich.
Conceit, *s.* 1. Conception, thought, idea: beachd, smuain, barail. 2. understanding, readiness of apprehension: tuigse, geur-bheachd, tabhairt fainear. 3. opinion, fancy, imagination, fantastical notion: barail, féin-bheachd, spéis, féin-spéis, meas, neònachas. 4. opinion in a neutral sense: barail. 5. pleasant fancy, gaiety of imagination: mac-meanmna, geur-bheachd. 6. sentiment, striking thought: smuain, geur-bheachd, mac-meanmna. 7. fondness, favourable opinion, opinionative pride: deadh-bharail, taitneachduinn, féin-spéis, féin-mheas. 8. *out of conceit with:* coma mu dhéighinn.
Conceit, *v. a.* Smuainich, beachdaich, thoir fainear.
Conceited, *adj.* 1. Endowed with fancy: mac-meanmnach. 2. proud, affected: beachdail, féin-bheachdail, féin-spéiseil, spòrsail.
Conceitedly, *adv.* See Conceited.
Conceitless, *adj.* Clod-cheannach, neo-ghrad, maol, baoghalta.
Conceitedness, *s.* Spòrs, moitealachd.
Conceivable, *adj.* 1. That may be imagined, or thought: so-smuaineachaidh, so-shaoilsinn. 2. that may be understood, or believed: so-chreidsinn.
Conceivableness, *s.* So-smuaineachadh.

Conceivably, *adv.* See Conceivable.

Conceive, *v. a.* et *n.* 1. Admit into the womb, form in the womb: gabh 'n a d' bholg, dean brù-ghabhail. 2. form in the mind, imagine: cnuasaich, tionnsgain, breithnich. 3. comprehend, understand: tuig, measraich, beachdaich air. 4. think, be of opinion: smuainich, saoil. 5. think, have an idea of: smuainich, beachdaich air. 6. become pregnant: fàs torrach, bi torrach.

Conceiver, *s.* Beachdair, fear-tionnsgnaidh.

Conceiving, *s.* Breithneachadh, beachd-smuainteachadh, tionnsgnadh, measrachadh, cnuasachd.

Concent, *s.* 1. Concert of voices, harmony: comh-cheòl, coimh-sheirm. 2. consistency: comh-chòrdachd, comh-sheasmhachd, comh-fhreagradh.

Concentful, *adj.* Comh-cheòlach.

Concented, *adj.* Comh-chòrdta.

Concentrate, *v. a.* Comh-chruinnich, coimh-thionail, comh-dhlùthaich.

Concentration, *s.* Comh-chruinneachadh, comh-dhlùthachadh.

Concentre, *v. a.* et *n.* 1. Direct, or contract towards one centre: comh-dhlùthaich, comh-chruinnich, tarruing gu meadhon. 2. tend to one common centre: comh-chruinnich, comh-dhlùthaich, thoir gu meadhon.

Concentric, } **Concentrical**, } *adj.* Aon-mheadhonach.

Concentual, *adj.* Comh-cheòlach.

Conceptacle, *adj.* Soitheach.

Debt, *s.* 1. That which one man owes to another: ainbh-fhiach, fiachan, comain. 2. that which any one is obliged to do or suffer: fiachan, dìoladh, ainbhfhiach.

Debtless, *adj.* Gun ainbhfhiach.

Debtor, *s.* 1. He that owes something to another: féichnear, fear-fhiach. 2. one that owes money: féichnear, fear-fhiach. 3. one side of an account: taobh an ainbhfhich.

Debut, *s.* Tionnsgnadh òraid, toiseach.

Decacuminated, *adj.* Maol.

Decade, *s.* Deich.

Decagon, *s.* Deich-shlisneach.

Decalogue, *s.* Na deich àithntean, deich-bhrigh.

Decamp, *v. n.* Rach imrich, atharraich campa, triall, imich, gluais air falbh.

Decampment, *s.* Imrich, triall, atharrachadh campa.

Decant, *v. a.* Taom, doirt dheth, sil dheth.

Decantation, *s.* Taomadh dheth, dortadh, no, sileadh dheth.

Decanter, *s.* Searrag ghloine.

Decapitate, *v. a.* Dì-cheann, cuir an ceann dheth.

Decapitation, *s.* Dì-cheannadh, cur dheth a chinn.

Decay, *v. a.* et *n.* 1. Impair, bring to decay: eugnaich caith, crìon, searg, seac, meath. 2. lose excellence, decline from the state of perfection: crìon, searg, seac, meath, rach a dholaidh.

Decay, *s.* 1. Decline from the state of perfection: crìonadh mugha, seargadh, seacadh, meathadh, caitheamh as, eugnachadh. 2. the effects of diminution, the marks of decay: crìonadh seargadh, meathadh, comharradh dol am mugha. 3. declension from prosperity: déigh-làimh, bochduinn, crìonadh. 4. the cause of decline: cùis-chrìonaidh, aobhar seargaidh.

Decayedness, *s.* Seachdachd, seargadh, dìombuaineachd.

Decayer, *s.* Fear-crìonaidh, fear-seacaidh, fear-seargaidh.

Decaying, *s.* Seachdadh, crìonadh, seargadh, meathadh, mugha.

Decease, *s.* Bàs, caochladh, eug.

Decease, *v. n.* Bàsaich, caochail, rach eug, faigh bàs.

Deceit, *s.* 1. Fraud, a cheat: ìogan, cealg, mealladh, cuilbheart, mealltaireachd. 2. stratagem, artifice: cealg, cuilbheart, cluain, mi-chleas. 3. (in law) a subtile wily shift or device, all manner of craft: cealg, cuilbheart, mealladh, cluain, foill, mi-chleas.

Deceitful, *adj.* Cealgach ìoganach, mealltach, cuilbheartach, foilleil, carach, mi-chleasach.

Deceitfully, *adv.* See Deceitful.

Deceitfulness, *s.* Cealgaireachd, mealltaireachd, cuilbheartachd, carachd.

Deceivable, *adj.* 1. Subject to fraud: so-mheallaidh, furasda a mhealladh. 2. subject to produce error, deceitful: carach, meallta, mealltach.

Deceivableness, *s.* Mealltaireachd, cealgaireachd, cuilbheartachd.

Deceive, *v. a.* 1. Cause to mistake, impose upon: meall, thoir an car á, dean mi-chleas air. 2. delude by stratagem: thoir an car á, meall, dean mi-chleas air. 3. cut off from expectation: meall. 4. mock, fail: mag, dean fochaid air, dìbir. 5. deprive by fraud or stealth: thoir uaith, cluip.

Deceiver, *s.* Mealltair, cealgair, cluipeir.

Deceiving, *s.* Mealladh, mealltaireachd, cluipireachd.

December, *s.* Mìos meadhonnach a' gheamraidh, deich-mhìos.

Decency, *s.* 1. Propriety of form, becoming ceremony: eireachdas, cubhaidheachd loinn. 2. suitableness to character, propriety: eireachdas, cubhaidheachd, iomchuidheachd. 3. modesty, not ribaldry, not obscenity: beusachd, beusaichead, modh.

Decennial, *adj.* Deich bliadhnail.

Decent, *adj.* 1. Becoming, fit, suitable: eireachdail, ciatach, loinneil, freagarrach, iomchuidh, cubhaidh. 2. grave, not gaudy: eireachdail, còir. 3. not wanton, not immodest: beusach, ceanalta, modhail, stuama.

Decently, *adv.* See Decent.

Deceptible, *adj.* So-mheallaidh.

Deception, *s.* 1. The act, or means of deceiving, cheat, fraud: cluipireachd, mealladh, foill, cealg, cuilbheart. 2. the state of being deceived: mealladh, dìobradh.

Deceptious, } *adj.* Meallta, mealltach, cealgach,
Deceptive, } foilleil, carach, mi-chleasach.

Decerpt, *adj.* Lomairte, beàrrta, sgathta.

Decerptible, *adj.* So-bhearraidh, so-sgathaidh.

Decerption, *s.* Bearradh, lomradh, sgathadh.

Decerptation, *s.* Connsachadh, tagradh.

Decession, *s.* Sgaradh, dol air falbh.

Decide, *v. a.* et *n.* Thoir breith, comh-dhùin, cuir gu crìch, no, ceann.

Decidedly, *adv.* Gu cinnteach, gun teagamh, gu deimhinn.

Decidence, *s.* 1. The quality of being shed, or of falling off: malcadh, tuiteam dheth. 2. the act of falling away: malcadh, seargadh, seacadh.

Decider, *s.* 1. One who determines causes: breitheamh, fear comh-dhùnaidh cùise. 2. one who determines quarrels: breitheamh, fear réite.

Deciduous, *adj.* Seargach, meo-mhaireannach, meathach.

Deciduousness, *s.* Seargachd, seachdachd.

Decimal, *adj.* Deich-roinneach, deicheadh.

Decimate, *v. a.* 1. Tithe, take the tenth: deachmaich, tog an deachamh. 2. select by lot, every tenth soldier in a general meeting, for punishment: deichmhich.

Decimation, *s.* 1. A tithing: deachamh. 2. a selection of every tenth man for punishment: deichmheachadh.

Decipher, *v. a.* 1. Explain that which is written in cyphers: leugh dorch sgrìobhadh. 2. mark down in characters: sgrìobh a sìos. 3. stamp, mark: comharraich, cuir comharradh air. 4. unfold, unravel: mìnich, dean soilleir, dean so-thuigsinn.

Decipherer, *s.* Fear mìneachaidh dorch-sgriobhaidh.

Decision, *s.* 1. Determination of a difference, or of a doubt: breth, breitheanas comh-dhùnadh. 2. determination of an event: crìoch, ceann mu dheireadh. 3. the act of separation: sgaradh, iomsgaradh.

Decisive, *adj.* Comh-dhùnach, dearbhach, crìochnach.

Decisively, *adv.* See Decisive.

Decisiveness, *s.* Dearbhachd, cinnteachd.

Deck, *v. a.* 1. Cover, spread: còmhdaich, sgeudaich, sgaoil thairis air. 2. dress, array: éidich, sgeudaich, breaghaich, sgiamhaich, maisich. 3. adorn, embellish: breaghaich, sgiamhaich, maisich, sgeadaich.

Deck, *s.* Bòrd-luinge.

Decker, *s.* 1. A dresser, one that apparels, or adorns: fear-sgeadaichidh. 2. two-decker: long dà bhùird.

Decking, *s.* Sgeadas, usgar.

Declaim, *v. a.* et *n.* 1. Advocate, speak in favour of: tagair. 2. harangue, speak to the passions: dean òraid, labhair gu snas-bhriathrach, dean àrd-ghlòir.

Declaimer, *s.* Fear snas-bhriathrach, fear àrd-ghlòireach, òraideach, tagaireach.

Declaiming, *s.* Àrd-ghlòir, briathrachas, òraid dheaschainnteach.

Declamatory, *adj.* 1. Relating to the practice of declaiming: snas-bhriathrach, àrd-ghlòireach, òraideach. 2. appealing to the passions: snas-bhriathrach, deas-fhocalach àrd-ghloireach, òraideach.

Declarable, *adj.* So-dhearbhta.

Declaration, *s.* 1. A proclamation, or affirmation: gairm, aithris, cur an céill, taisbeanadh, foillseachadh. 2. (in law) the shewing forth, or laying out of an action in any suit: foillseachadh, nochdadh, seasamh cùise.

Declarative, } *adj.* Foillseachail, taisbeanach, a'
Declaratory, } cur an céill.

Declaratorily, *adv.* See Declaratory.

Declare, *v. a.* et *n.* 1. Make known, tell openly: nochd taisbein, innis, aithris, cuir an céill. 2. publish, proclaim: cuir an céill, aithris. 3. shew an opinion in plain terms: cuir an céill. 5. make a declaration: abair, dean aideachadh.

Declaredly, *adv.* Gu follaiseach, gun cleith.

Declarer, *s.* Fear-aithris, fear-nochdaidh, fear cuir an céill.

Declaring, *s.* Cur an céill, innseadh, nochdadh, taisbeanadh.

Declension, *s.* 1. Tendency from a greater to a less degree of excellence: ìsleachadh, cromadh, tèarnadh, seargadh, dol sìos. 2. declination, descent: tèarnadh, cromadh, ìsleachadh, lùbadh, claonadh, aomadh. 3. inflexion, manner of changing nouns: lùbadh, cromadh, dol troimh chùisean focail.

Declinable, *adj.* Aig am bheil cùisean.

Declination, *s.* 1. Descent, change from a better to a worse state, decay: ìsleachadh, lagachadh, seargadh, beul sìos, dol le bruthach. 2. the art of bending down: cromadh, lùbadh. 3. variation from rectitude, oblique motion: camadh, fiaradh, lùbadh, cromadh. 4. deviation from moral rectitude: seacharan, claonadh. 5. variation from a fixed point: mùthadh, fiaradh. 6. the act of shunning: seachnadh.

Declinator, } *s.* Inneal faotainn a' chòmhnaird.
Declinatory, }

DECLINE, *v. a.* et *n.* 1. Bend downward, bring down: crom lùb, cam. 2. shun, avoid: seachainn, diùlt, leig seachad. 3. decay, sink: crom, seac. 4. inflect a word: cuir troimh chùisean. 5. lean downward: crom, aom, lùb. 6. deviate, run into obliquities: claon, rach a thaobh. 7. shun, avoid to do any thing: seachainn, ob. 8. sink, be impaired, decay: crìon, caith as, crom a sìos.

DECLINE, *s.* Tèarnadh, cromadh, dol sìos, crìonadh, caitheamh, seachdadh.

DECLIVITY, *s.* Tèarnadh, bruthach, leathad, leth-bhruthach, cromadh, fiaradh.

DECLIVOUS, *adj.* Claon, crom, car corrach, mar shlaod-bhruthach.

DECOCT, *v. a.* 1. Prepare by boiling for any use: bruich, goil. 2. digest by the heat of the stomach: cnàmh 's a' ghoile. 3. boil in water, so as to draw the strength or virtue of any thing: bruich, goil.

DECOCTION, *s.* 1. The act of boiling any thing to extract its virtues: goil, bruicheadh. 2. a preparation made by boiling water: sùgh bruichte.

DECOLLATE, *v. a.* Dìth-cheann, cuir an ceann deth.

DECOLLATION, *s.* Dìth-cheannadh.

DECOMPOSE, *v. a.* Eadar-dhealaich, eadar-sgar, ath-mheasgaich.

DECOMPOSITE, *adj.* Ath-mheasgta.

DECOMPOSITION, *s.* 1. The act of compounding things already compounded: ath-mheasgadh. 2. resolution or separation of parts: eadar-dhealachadh, eadar-sgaradh.

DECOMPOUND, *v. a.* 1. Compose of things already compounded: ath-mheasgaich. 3. resolve a compound into simple parts: eadar-dhealaich, eadar-sgar, thoir as a chéile.

DECORATE, *v. a.* Sgeadaich, sgèimhich, breaghaich, maisich.

DECORATION, *s.* Sgeadachadh, sgèimheachd, grinneas, usgar, breaghachd, rìomhadh.

DECORATOR, *s.* Fear-sgeadachaidh, fear-maiseachaidh.

DECOROUS, *adj.* Ciatach, cubhaidh, iomchuidh, ion-mholta.

DECOROUSLY, *adv.* See Decorous.

DECORTICATE, *v. a.* Rùisg, sgrath, thoir a chairt dheth.

DECORTICATION, *s.* Rùsgadh, sgrathadh.

DECORUM, *s.* Deadh bheus, giùlan iomchuidh, stuaim, eireachdas, cubhaidheachd.

DECOY, *v. a.* Meall, tàlaidh, breug, tarruing 's an rib.

DECOY, *s.* Culaidh-thàlaidh, inneal-meallaidh, buaireadh, riochd ionmhuinn.

DECOYDUCK, *s.* Tunnag thàlaidh.

DECREASE, *v. a.* et *n.* 1. Make less, diminish: lughdaich, beagaich. 2. grow less, be diminished: lughdaich fàs ni 's lugha, searg as.

DECREASE, *s.* 1. The state of growing less, decay: lughdachadh, beagachadh, ìsleachadh, traoghadh. 2. the wain, the time when the visible face of the moon grows less: eàrr-dhubh.

DECREE, *v. n.* 1. Appoint by edict, establish by law: reachd-cheangail, òrduich, suidhich, àithn. 2. doom, or assign by a decree: ròimh-òrduich, rùnaich, reachd-cheangail.

DECREE, *s.* 1. An edict, a law: reachd-cheangal, reachd-àithne, lagh, òrdugh. 2. an established rule: lagh, riaghailt, reachd. 3. a determination of a suit or litigated cause: breth cùise.

DECREPIT, *adj.* Breòite, fann, gun treòir.

DECREPITATE, *v. a.* Crac, thoir braghadaich air.

DECREPITATION, *s.* Braghadaich.

DECREPITUDE, *s.* Breòiteachd, laigsinn, crupadh na h-aoise.

DECRESCENT, *adj.* A' crupadh, a' crìonadh.

DECRETAL, *adj.* Reachdach.

DECRETAL, *s.* Leabhar nan reachd-cheangal, leabhar lagha.

DECRETION, *s.* Crupadh, crìonadh, lughdachadh.

DECRETORILY, *adv.* See Decretory.

DECRETORY, *adj.* 1. Judicial, definitive: reachdach, laghail, comh-dhùnach. 2. critical: cunnartach.

DECRIAL, *s.* Cronachadh, ruith sìos, binn, coireachadh.

DECRIER, *s.* Cronadair, fear-beumaidh, fear-ruith, sìos.

DECRY, *v. a.* Cronaich, coirich, càin, ruith sìos.

DECUBATION, DECUMBENCE, DECUMBENCY, *s.* Luidhe sìos, sìneadh.

DECUMBENT, *adj.* 1. Lying, or leaning: a' luidhe, a' sìneadh. 2. lying in the bed of sickness: air an leabaidh.

DECUMBITURE, *s.* Gabhail ris an leabaidh.

DECUPLE, *adj.* Deich-fillte, deicheach.

DECURION, *s.* Ceannard dheichnear.

DECURSION, *s.* Ruith le bruthach.

DECURT, *v. a.* Coimh-gheàrr.

DECURTATION, *s.* Coimh-ghearradh.

DEDECOROUS, *adj.* Maslach, tàmailteach, sgainnealach.

DEDENTITION, *s.* Tilgeadh nam fiacal.

DEDICATE, *v. a.* 1. Devote to some divine power: coisrig, naomhaich. 2. appropriate solemnly to any person or purpose: tiomain, coisrig, thoir seachad fo mhòid. 3. inscribe to a patron: cuir fuidh thèarmunn.

DEDICATION, *s.* 1. Consecration, solemn appropriation: coisrigeadh, naomhachadh. 2. an address to a patron: cur fo thèarmunn, tiomnadh.

DEDICATOR, *s.* Fear-cuir fo thèarmunn.

DEDICATORY, *adj.* A' cur fo thèarmunn.

DEDITION, *s.* Toirt thairis, tiomnadh suas, strìochdadh, géilleadh.

DEDOLENT, *adj.* Neo-thuirseach.

DEDUCE, *v. a.* 1. Draw in a regular connected series from one time, or one event to another: tarruing uaith, tarruing, thoir o. 2. lay down in regular order, so as that the following shall naturally rise from the foregoing: cuir sìos an òrdugh, tarruing o, thoir as. 3. subtract, deduct: beagaich, lughdaich, thoir uaith. 4. lead forth: treòraich.

DEDUCEMENT, *s.* Comh-dhùnadh, comh-leanmhuinn.

DEDUCIBLE, *adj.* A' sileadh o, a' comh-dhùnadh o, a' teachd an lorg, a ghabhas tarruing o.

Deduct, *v. a.* 1. Subtract, cut away, defalcate: thoir o, comh-ghèarr. 2. reduce, bring down: lughdaich, beagaich, thoir a sìos.
Deduction, *s.* 1. Consequential, collection, proposition drawn from principles premised: comh-dhùnadh, comh-leanmhuinn. 2. that which is deducted, defalcation: comh-ghearradh, lughdachadh, beagachadh, dol sìos.
Deductive, *adj.* See Deducible.
Deductively, *adv.* See Deducible.
Deed, *s.* 1. Action, thing done: gnìomh, dèanadas. 2. exploit, performance: euchd, treunadas. 3. power of action, agency: cumhachd, comas. 4. act declaratory of an opinion: dèanadas, reachd-dhaingneach, àithne. 5. written evidence of any legal act: teist, sgrìobhadh. 6. fact, reality: fìrinn, cùis dhearbhta.
Deedless, *adj.* Mi-ghnìomhach, marbhanta, leasg, lunndach.
Deem, *v. a.* et *n.* 1. Judge, determine: meas, comh-dhùin. 2. imagine, suppose: meas, smuainich. 3. judge, conclude upon consideration: meas, comh-dhùin, saoil, smuainich, baralaich.
Deemster, *s.* Breitheamh, fear meas.
Deep, *adj.* 1. Having length downwards, profound: domhain. 2. low in situation: ìosal. 3. measured from the surface downwards: domhain. 5. far from the outer part: domhain. 6. not superficial, not obvious: domhain, dorch. 7. sagacious, penetrating: domhain, tul-chuiseach. 8. full of contrivance, politic: eagnaidh, tùrail sicir, fada thall. 9. grave, solemn: trom, domhain, ciallach. 10. dark coloured: dorch, dubh. 11. having a great degree of stillness, or gloom: trom. 12. depressed, sunk: domhain, ìosal, uireasbhuidheach. 13. bass, grave in sound: trom-fhuaimneach, garbh reasgach, tormanach, crònanach.
Deep, *s.* 1. The sea, the abyss of waters: doimhne, dubh-aigein, doimhneachd, aigeal. 2. the most solemn or still part: marbh.
Deep, *adv.* Fada, gu h-ìosal.
Deep-drawing, *adj.* Domhain 's an uisge.
Deep-mouthed, *adj.* Beul-fharsuing.
Deep-musing, *adj.* Smuaineach, tul-chuiseach, trom-smuaineach.
Deep-read, *adj.* Foghlumta.
Deepen, *v. a.* et *n.* 1. Make deep, sink far below the surface: doimhnich, dean domhain. 2. darken, cloud, make dark: dorchaich, neulaich. 3. make sad or gloomy: dean gruamach. 4. descend gradually: tèaruinn, tèarn. 5. grow deep: fàs domhain.
Deeply, *adv.* See Deep, *adj.*
Deepness, *s.* 1. Profundity: doimhneachd, doimhne. 2. sagacity: tul-chuis, eagnachd. 3. insidiousness, craft: eagnachd, tul-chuis, sicireachd, cuilbheartachd.
Deer, *s.* Fiadh, eilid.
Deess, *s.* Ban-dia.
Deface, *v. a.* Dubh a mach, dubh, sgrìob as, mill.
Defacement, *s.* Dubhadh a mach, sgrìobadh as, milleadh.
Defacer, *s.* Milltear, fear-dubhaidh a mach.
Defalcation, *s.* Lughdachadh, beagachadh, cumail dheth.
Defalk, *v. a.* Comh-ghèarr, geàrr dheth, sgud, lughdaich, beagaich.
Defamation, *s.* Cùl-chàineadh, tuaileas, mi-chliu, sgainneal, cùl-bheum.
Defamatory, *adj.* Cùl-chàinteach, tuaileasach, sgainnealach, beumach, tarcuiseach.
Defame, *v. a.* Cùl-chàin, tarcuisich, sgainnealaich beum.
Defame, *s.* Masladh, tamailt, eas-onoir.
Defamer, *s.* Cùl-chàinteir, fear-tuaileis.
Defaming, *s.* Tuaileas, tuairisgeul, cùl-chàineadh, sgainneal, cùl-bheum.
Defatigable, *adj.* Sgìtheach, neo-smiorail, claoidhte.
Defatigate, *v. a.* Sgìthich, cìosnaich, claoidh, sàruich.
Defatigation, *s.* Sgìtheachadh, sgìos, cìosnachadh, sàruchadh.
Default, *s.* 1. Omission of that which we ought to do: dearmad, di-chuimhn. 2. crime, failure, fault: coire, lochd, cionta, dearmad. 3. defect, want: easbhuidh, fàillinn.
Default, *v. a.* et *n.* 1. Fail in performing any contract or stipulation: dearmaid. 2. offend: ciontaich, coirich, dean diombach.
Defaulted, *adj.* Ciorramach, fàillingeach.
Defaulter, *s.* Fear-dearmaid còrach.
Defeasance, *s.* Briseadh cùmhnainte.
Defeasible, *adj.* Nach seas lagh.
Defeat, *s.* 1. The overthrow of an army: ruaig, teicheadh, call-catha, comh-bhriseadh. 2. act of destruction, deprivation: casgairt, sgrios, diombuaidh, iom-ghabhail.
Defeat, *v. a.* 1. Overthrow, undo: ruaig, casgair, cuir air theicheadh, buadhaich, iom-ghabh. 2. frustrate: fairtlich air. 3. abolish, undo, change, alter: dubh a mach, atharraich, mùth.
Defeature, *s.* 1. Change of feature: caochladh cruth. 2. overthrow, defeat: casgairt, àr, ruaig, teicheadh.
Defecate, *v. a.* 1. Purge liquors from lees or foulness: glan, sìolaidh. 2. purify from any extraneous or noxious mixture, clear, brighten: sgùr, nigh, glan.
Defecate, *adj.* Saor o dhèasgainn.
Defecation, *s.* Sìoladh, glanadh o dhèasgainn.
Defect, *s.* 1. Want, absence of something necessary: easbhuidh, fàillinn, uireasbhuidh, dìth. 2. a fault, mistake, error: coire, ciorram gaoid, mearachd. 3. failing, imperfection: fàillinn, deireas, ciorram. 4. any natural imperfection: ciorram, gaoid, fàillinn, deireas.
Defectibility, *s.* Easbhuidh, ciorramachd, fàillinneachd.
Defectible, *adj.* See Defective.
Defection, *s.* Want, failure: easbhuidh, fàilneachadh. 2. a falling away, apostacy: tréigsinn, claonadh air falbh, cùl-sleamhnachadh. 3. an abandoning of a king, a revolt: ceannairc, àr-a-mach.

Defective, *adj.* 1. Wanting the just quantity: easbhuidheach, neo-iomlan, neo-choimhlionta. 2. full of defects, imperfect: ciorramach, cronail, mearachdach. 3. faulty, vicious, blameable: mearachdach, ciorramach, deireasach.
Defectively, *adv.* See Defective.
Defectiveness, *s.* Easbhuidheachd, ciorramachd, fàillinneachd, deireas.
Defence, *s.* 1. Guard, protection, security: dìon, dìdean, tèarmunn, daingneachd. 2. vindication, apology: lethsgeul, tagradh, fìreanachadh. 3. resistance: dìon, tagradh. 4. (in law), the defendant, reply after declaration produced: dìon, tagradh. 5. (in fortification), the part that flanks another work: daingneach.
Defence, *v. a.* Daingnich.
Defenceless, *adj.* 1. Naked, unarmed, unguarded: gun dìon, gun dìdean, neo-armaichte, gun tèarmunn, nochdta, lom, rùisgte. 2. impotent, unable to make resistance: lag, anmhunn, fann.
Defencelessly, *adv.* See Defenceless.
Defend, *v. a.* 1. Stand in defence of, protect, support: dìon, teasairg, tèaruinn. 2. vindicate, uphold, assert, maintain: dìon, tèarmunnaich, taic. 3. fortify, secure: dìon, daingnich. 4. prohibit, forbid: bac, toirmisg. 5. maintain a place against those that attack it: dìon, tèaruinn, teasairg. 6. repel, keep off: dìon, cum air ais.
Defendable, } Defendant, } *adj.* So-dhìon, tèarmunnach.
Defendant, *s.* 1. He that defends against assailants: fear-dìona, tèarmunnair, dìdionnair. 2. the person accused or sued: fear-dìona, tagaireach.
Defender, *s.* 1. One that defends, a champion: fear-dìona, tèarmunnair, curaidh, gaisgeach. 2. an asserter, a vindicator: fear-dìona, dìdionnair, dìonadair. 3. an advocate, one that defends another in a court of justice: fear-tagraidh, fear-dìona, dìonadair.
Defensible, *adj.* 1. That may be defended: sodhìon, tèarmunnach. 2. justifiable, right, capable of vindication: leisgeulach, ceart.
Defensive, *adj.* 1. That serves to defend, proper for defence: tèarmunnach, a ǹi dìon. 2. in a state or posture of defence: a' dìonadh.
Defensive, *s.* 1. Safeguard: dìon, dìdean, daingneach. 2. state of defence: dìon, tèarmunn.
Defensively, *adv.* See Defensive, *adj.*
Defenst, *part.* Dìonta, dìdinnte, daingnichte, tèarmunnaichte.
Defer, *v. a.* et *n.* 1. Withhold, delay: cuir air dàil, dàilich. 2. refer to: leig ri comhairle neach eile. 3. offer, give: tairg. 4. put off, delay: màirnealaich, fuirich, bi seamsanach. 5. pay deference or regard to another's opinion: leig fianuis air, cuir meas air.
Deference, *s.* 1. Regard, respect: meas, urram. 2. complaisance, condescension: ùmhlachd, géilleachdain, deas-ghnath. 3. submission: strìochdadh géilleadh, cur urram air.
Deferment, *s.* Moille, màirneal, seamsan.
Deferer, *s.* Fear-moille.
Defiance, *s.* 1. A challenge, an invitation to fight: dùbhlan, maoidheadh, bagradh, cuireadh. 2. a challenge to make any impeachment good: dùbhlan, dùbhlanachadh. 3. expression of abhorrence or contempt: dùbhlanachd.
Deficience, } Deficiency, } *s.* 1. Want, something less than is necessary: uireasbhuidh, neo-iomlaineachd, easbhuidh, dìth. 2. defect, failing imperfection: fàillinn, ciorram, deireas, coire, neo-choimhliontachd.
Deficient, *adj.* Neo-iomlan, neo-choimhlionta, easbhuidheach, fàillinneach.
Deficiently, *adv.* See Deficient.
Deficit, *s.* Neo-iomlaineachd, easbhuidh.
Defier, *s.* Fear dùbhlanachaidh.
Defile, *v. a.* et *n.* 1. Make foul or impure: salaich, truaill. 2. pollute, make legally or ritually impure: salaich, truaill. 3. corrupt chastity: truaill, dean mi-gheamnuidh. 4. taint, corrupt, vitiate: truaill, salaich, dean gràineil, no, daochail. 5. march, go off by file and filo: imich an sreathaibh.
Defile, *s.* Cunglach, caol-ghleann.
Defilement, *s.* Truailleadh, salachadh, sal, neoghloine, trudaireachd.
Defiler, *s.* Fear-truaillidh, trùdleach, fear éigin bhan.
Definable, *adj.* 1. That which may be defined: so-mhìneachaidh, tuairisgeulach. 2. that which may be ascertained: tuairisgeulach.
Define, *v. a.* et *n.* 1. Explain a thing by its qualities and circumstances: mìnich, soilleirich, thoir tuairisgeul air. 2. decide, determine: comh-dhùin, cuir gu ceann. 3. circumscribe, mark the limit, bound: comharraich a mach, dean crìoch shoilleir. 4. determine, decide: comh-dhùin, reachdaich.
Definer, *s.* Fear-mìneachaidh, fear tuairisgeil.
Definite, *adj.* 1. Certain, limited, bounded: àraidh, comharraichte, sònruichte, fuidh chrìochaibh. 2. exact, precise: poncail, eagnaidh, òrdail.
Definiteness, *s.* Cinnteachd, soilleireachd.
Definition, *s.* 1. A short description of a thing by its properties: mìneachadh, tuairisgeul. 2. decision, determination: comh-dhùnadh. 3. (in logic): mìneachadh, tuairisgeul.
Definitive, *adj.* Dearbhta, soilleir, comh-dhùnach.
Definitive, *s.* Dearbhadas.
Definitively, *adv.* See Definitive, *adj.*
Defix, *v. a.* Spàr, teann, daingnich le tàirngnibh.
Deflagrability, *s.* Tiormachd, deas gu teine ghabhail.
Deflagrable, *adj.* Loisgeach, so-losgaidh, teinntidh.
Deflagrate, Cuir 'n a theine.
Deflagration, *s.* Losgadh, cur lasair ri.
Deflect, *v. n.* Crom, lùb, aom, claon, rach fiar.
Deflection, *s.* Lùbadh, claonadh, fiaradh.
Deflexure, *s.* Cromadh sìos, lùbadh.
Defloration, *s.* 1. The act of deflouring: òighthruailleadh. 2. a selection of that which is most valuable: taghadh, gràine mullaich.
Deflour, *v. a.* 1. Ravish, take away a woman's virginity: éignich, truaill òigh. 2. take away the beauty and grace of any thing: mi-mhaisich.

Deflourer, *s.* Fear truaillidh òighean.
Deflow, *v. n.* Sil, sil a sìos.
Defluous, *adj.* Silteach, sruthach, tuiteamach.
Defluxion, *s.* Tèarnadh-leanntain.
Drforce. *v. a.* Cum á seilbh le ainneart.
Deforcement, *s.* Seilbh ainneirt, breith air éigin.
Deform, *v. a.* 1. Disfigure, make ugly: duaichnich, cuir mi-dhreach air, dean aindealbhach. 2. dishonour, make ungraceful : dean tàireil, dean duairceach.
Deform, *adj.* Mi-dhealbhach, grànda, mi-dhreachmhor, duairceach, duaichnidh.
Deformation, *s.* Mi-dhreach, mi-dhealbh, mi-aoidh, duaichnidheachd.
Deformed, *adj.* 1. Ugly, wanting natural beauty: grànda, mi-dhealbhach, duaichnidh. 2. base, disgraceful : neo-loinneil, tàireil.
Deformedly, *adv.* See Deformed.
Deformedness, *s.* Mi-dhealbhachd, mi-aoidh, duaichnidheachd.
Deformer, *s.* Fear cruth-mhillidh.
Deformity, *s.* 1. Ugliness, ill-favouredness: mi-dhreach, mi-dhealbh, mi-aoidh, duaichnidheachd. 2. ridiculousness, the quality of something worthy to be laughed at : ain-dealbh, mi-chiatachd, troicheachd. 3. irregularity, inordinateness : mi-ṙiaghailteachd, mi-shnasmhorachd.
Defraud, *v. a.* Meall, car, dean mi-chleas air.
Defraudation, *s.* Mealladh, cealg, cuilbheart.
Defrauder, *s.* Mealltair, cealgair.
Defray, *v. a.* 1. Bear the charges of: dìol, ìoc, pàidh, giùlain cosgas. 2. satisfy: ath-dhìol, ìoc.
Defrayer, *s.* Fear dìolaidh cosgais, fear pàidhidh.
Defrayment, *s.* Dìolaidh, ath-dhìoladh, ìocadh, pàidheadh.
Defunct, *adj.* Marbh, eugta.
Defunct, *s.* Marbh.
Defunction, *s.* Bàs, bàsachadh, eug, aog.
Defy, *v. a.* 1. Call to combat, challenge : dùbhlanaich, dùlanaich. 2. treat with contempt, slight : tarcuisich. 3. disdain, deny, renounce : dean tàir air, diùlt.
Defy, *s.* Dùbhlan, cuireadh còmhraig.
Degeneracy, *s.* 1. A departure from the virtue of our ancestors: eischinealachadh an-dualachas, mi-dhùthchas. 2. a desertion of that which is good : claonadh, cùl-sleamhnachadh, còir-thréigsinn. 3. meanness: dìblidheachd, suarachas.
Degenerate, *v. n.* 1. Fall from the virtues of our ancestors: bi an an-dualachas, fàs an-dùchasach. 2. fall from a more noble to a base state : tuit air ais, fàs suarach. 3. fall from its kind, grow wild or base : fàs suarach, fàs mi-choslach.
Degenerate, *adj.* 1. Unlike his ancestors : an-dùchasach. 2. unworthy, base : suarach, dìblidh, mi-chliùiteach.
Degenerately, *adv.* See Degenerate, *adj.*
Degenerateness, *s.* See Degeneracy.
Degeneration, *s.* 1. A deviation from the virtue of one's ancestors : eischinealachadh, an-dualachas, mi-dhùchas. 2. a falling from a more excellent state to one of less worth : cùl-sleamhnachadh, dol am measad. 3. the thing changed from its primitive state : ni an dolaidh.
Degenerous, *adj.* See Degenerate, *adj.*
Degenerously, *adv.* See Degenerate.
Deglutition, *s.* Slugadh.
Degradation, *s.* 1. A deprivation of dignity : tàmailteachadh, ìsleachadh, cur á dreuchd. 2. degeneracy, baseness : an-dualachas, truailleachd. 3. diminution : lughdachadh.
Degrade, *v. a.* 1. Put one from his degree: ìslich, tamailtich, cuir á inbhe. 2. lessen, diminish the value of: dean suarach, cuir an di-meas, lughdaich an luach. 3. reduce from a higher to a lower state with respect to qualities : truaill, mill.
Degradingly, *adv.* Gu tàireil.
Degree, *s.* 1. Quality, rank, station : inbhe, àirde, staid, cor. 2. the comparative state and condition in which a thing is : ceum, cor. 3. a step, or preparation to any thing : ceum. 4. order of lineage, descent of family : glùn, ceum ceum-ginealaich 5. orders, or classes : òrdugh, dream. 6. measure, proportion : tomhas.
By degrees, *adv.* A chuid 's a chuid, ceum air cheum.
Degust, *v. a.* Blais.
Degustation, *s.* Blasad.
Dehort, *v. a.* Cuir impidh air, comhairlich.
Dehortation, *s,* Comhairleachadh.
Deicide, *s.* Dia-mharbhadh.
Deject, *v. a.* 1. Cast down, afflict, grieve : mi-mhisnich, cuir sprochd air, cuir fuidh aimheal, dean airsneulach. 2. change the form with grief, make to look sad : cuir fuidh sprochd. 3. simply, cast down : tilg a sìos.
Deject, *adj.* Cianail muladach, airsneulach, aimhealtach, smuaireanach, air a thilgeadh sìos.
Dejectedly, *adv.* Gu cianail, gu muladach, gu h-airsneulach.
Dejectedness, *s.* Airsneul, cianalas, tuirse, trom-inntinn.
Dejecter, *s.* Fear-deanaimh cianail, fear cuir fuidh sprochd.
Dejection, *s.* 1. Lowness of spirits : airsneal, cianalas, neo-shunnd, smuairean. 2. weakness, inability : laigse. 3. a casting down in sign of reverence : sleuchdadh, irioslachadh.
Dejectly, *adv.* See Deject, *adj.*
Dejectory, *adj.* Purgaideach.
Dejecture, *s.* Òtrach, salachar.
Dejerate, *v. a.* Cuir air mhionnaibh.
Dejeration, *s.* Mionnachadh, toirt mhionnan.
Dejeune, *s.* Biadh maidne.
Deifical, *adj.* A' diadhachadh.
Deification, *s.* Diadhachadh, dia-dhèanamh.
Deifier, *s.* Fear-diadhachaidh, no, dia-dheanamh.
Deiform, *adj.* Air chruth Dé.
Driformity, *s.* Coltas ṙi cruth Dé.
Deify, *v. a.* 1. Make a god of, adore as god : diadhaich, aor mar dhia. 2. praise excessively : diadhaich, àrd-mhol.
Deign, *v. a.* et *n.* 1. Grant, permit, allow : deònaich, ceadaich. 2. consider worth notice : cuir

meas air. 3. vouchsafe, think worthy: meas fiùghail, deònaich.

Deigning, *s.* Deònachadh, ceadachadh, meas fiùghail.

Deintegrate, *v. a.* Bris air, lughdaich, beagaich.

Deism, *s.* Ana-creidimh, àicheadh taisbeanaidh air toil Dhia.

Deist. *s.* Ana-creidmheach.

Deistical, *adj.* Ana-creidmheach.

Deity, *s.* 1. Divinity, the nature and essence of God: Dia, Diadhachd. 2. a fabulous god: dia, dia-bréige. 3. the supposed divinity of a heathen god: diadhachd-bhéige.

Delaceration, *s.* Sracadh.

Delachymation, *s.* Sileadh nan deur, gul, caoidh.

Delactation, *s.* Casgadh, cur o 'n chìoch.

Delapsed, *adj.* A' crupadh, a' tuiteam sìos.

Delate, *v. a.* 1. Carry, convey: giùlain, iomchair. 2. accuse, inform against: casaidich, dean casaid, air.

Delation, *s.* 1. A carriage, conveyance: giùlan, iomchar. 2. an accusation, an impeachment: dìteadh, casaid.

Delator, *s.* Casaidich, fear-casaid.

Delay, *v. a.* et *n.* 1. Defer, put off: cuir dàil, cuir moille. 2. hinder, frustrate, keep suspended: bac, cum an amharus. 3. detain, stop, or retard the course of: cuir moille air, maillich, stad, bac. 4. allay, soften, temper: ìslich, ciùinich. 5. stop, cease from action: stad, fuirich, dean moille, màirnealaich.

Delay, *s.* Moille, dàil, comh-fhuireach, màirneal, seamsan, stad, màidhean.

Delayer, *s.* Fear dàlach, fear màirneil.

Delectable, *adj.* Taitneach, ion-mhiannaichte, ciatach, sòlasach.

Delectableness, *s.* Taitneas, ciatachd, sòlasachd.

Delectably, *adv.* See Delectable.

Delectation, *s.* Tlachd, toileachas, aoibhneas, sòlas.

Delegacy, *s.* Cuideachd na teachdaireachd.

Delegate, *v. a.* 1. Send away: cuir uait. 2. send upon an embassy: cuir air theachdaireachd. 3. intrust, commit to another's power and jurisdiction: earb ri. 4. appoint judges to hear and determine a particular cause: òrduich, suidhich, cuir am breitheanas.

Delegate, *s.* Fear-ionaid, teachdair.

Delegate, *adj.* Teachdaireach, air a chur gu seasamh air son neach eile.

Delegation, *s.* 1. A sending away: cur air theachaireachd. 2. the act of delegating: cur air, theachdaireachd, teachdaireachd. 3. the assignment of a debt to another: toirt thairis.

Delete, *v. a.* Dubh a mach.

Deleterious, **Deletory**, *adj.* Marbhtach, sgriosach, nimheil.

Deletion, *s.* 1. Act of rasing, or blotting out: dubhadh a mach. 2. a destruction: léir-sgrios, milleadh.

Deletory, *s.* Dubhadh.

Delf, **Delfe**, *s.* 1. A mine, a quarry, a pit dug: slochd na cloich thochailt, toll. 2. earthen ware, counterfeit china ware: criadh thrid-shoilleir.

Deliberate, *v. a.* et *n.* 1. Balance in the mind: meòraich, breithnich, thoir fainear, smuainich. 2. think in order to choose, meditate: beachd-smuainich, breithnich, thoir fainear, meòraich.

Deliberate, *adj.* 1. Circumspect, wary, advised, discreet: smuaitneach, faicilleach, cùramach. 2. slow, tedious, not sudden, gradual: socrach, neo-chabhagach, màirnealach, adhaiseach.

Deliberately, *adv.* See Deliberate, *adj.*

Deliberateness, **Deliberation**, *s.* Faicilleachd, cùram, crìonnachd, deadh aire.

Deliberative, *adj.* Faicilleach, faiceallach, smuainteach, meòrachail.

Deliberative, *s.* Cùis comh-chomhairle.

Deliberatively, *adv.* See Deliberative, *adj.*

Delicacy, *s.* 1. Daintiness, pleasantness to the taste: blasdachd, millseachd. 2. nicety in the choice of food: tarmus, sòghmhorachd. 3. any thing highly pleasing to the senses: taitneas. 4. softness, elegant, or feminine beauty: mìneachd, màldachd, maise. 5. nicety, minute accuracy: grinneas, fìnealtachd. 6. neatness, elegance of dress: cuimireachd, guamachd. 7. politeness of manners: fìnealtachd, suairceas, grinneas, ceanaltachd. 8. indulgence, gentle treatment, mùirn. 9. tenderness, scrupulousnesss: mìneachd, sèimhealachd. 10. weakness of constitution: breòiteachd, caoin-chail, meurandachd. 11. smallness, tenuity: meurandachd.

Delicate, *adj.* 1. Nice, pleasing to the taste: blasda, milis, taitneach. 2. dainty, desirous of curious meats: millseanach, sòghail. 3. choice, select, excellent: ion-mhiannaichte, luachmhor, roghainneach. 4. pleasing to the senses: taitneach. 5. fine, not coarse: fìnealta, grinn. 6. of polite manners: fìnealta, grinn, mìn, ceanalta. 7. soft, effeminate: meuranda. 8. pure, clean: glan, neo-thruaillte.

Delicate, *s.* Fear millseanach.

Delicately, *adv.* See Delicate, *adj.*

Delicateness, *s.* Mùirn, mìneachd, meurandachd.

Delicates, *s.* Mìlseanan.

Delicious, *adj.* Milis, blasda, taitneach, sòghail.

Deliciously, *adv.* See Delicious.

Deliciousness, *s.* Millseachd, taitneas, blasdachd.

Deligation, *s.* Ceangal a suas.

Delight, *s.* 1. Joy, content, satisfaction: aighear, aoibhneas, sòlas, aiteas, toileachas, toil-inntinn. 2. that which gives delight: tlachd, subhachas, gean.

Delight, *v. a.* et *n.* 1. Please, content: toilich taitinn, dean subhach, dean aoibhneach, sàsuich. 2. have delight or pleasure in: gabh tlachd ann, bi ri subhachas, faigh tlachd ann.

Delighter, *s.* Fear-gabhail tlachd an ni.

Delightful, *adj.* Sòlasach, ciatach, taitneach, tlachdmhor, ion-mhiannach.

Delightfully, *adv.* See Delightful.

Delightfulness, *s.* Toil-inntinn, aoibhneas, subhachas, tlachdmorachd, ciatachd, taitneas.

Delightless, *adv.* Gun sòlas, gun subhachas, gun aoibhneas.

Delightsome, *adj.* See Delightful.

Delightsomely, *adv.* See Delightsome.
Delightsomeness, *s.* See Delightfulness.
Delineament, *s.* See Delineation.
Delineate, *v. a.* 1. Make the first draught of a thing, design: dealbh, tarruing dealbh. 2. paint, represent a true likeness in a picture: dreach, tarruing dreach, no, dealbh. 3. describe, set forth in a lively manner: taisbein gu soilleir, nochd an dathaibh soilleir.
Delineation, Delineature, } *s.* Dealbh, dreach, tarruing.
Delinquency, *s.* Coire, cron, lochd, beud, ciont.
Delinquent, *s.* Coireach.
Deliquate, *v. a.* et *n.* 1. Dissolve: leagh. 2. melt, be dissolved: leagh, gabh leaghadh.
Deliquation, *s.* Leaghadh.
Delirament, *s.* Breisleach.
Delirate, *v. n.* Breislich.
Deliration, *s.* Breisleach, mearan, mearaichinn, cuthach.
Delirious, *adj.* Breisleachail, mearanach, gòrach.
Deliriousness, *s.* Mearanachd, mearaichinn.
Delirium, *s.* Breisleach, eutromas, mearan, mearaichinn, cuthach.
Deliver, *v. a.* 1. Set free, release: cuir fuidh sgaoil, saor. 2. save, rescue: saor, teasairg. 3. surrender, put into one's hand: tiomain, thoir seachad, liubhair. 4. give, offer, present: thoir seachad, tairg, tiodhlaic, builich. 5. cast away, throw off: tilg air falbh, thoir seachad, liubhair, dealaich. 6. disburden a woman of a child: aisead. 7. speak, tell, utter: aithris, cuir dhiot, abair, liubhair. 8. put into another's hands, leave to the discretion of another: thoir thairis. 9. give from hand to hand, transmit: sìn a sìos. 10. *deliver up:* thoir a suas, thoir seachad, liubhair.
Deliverance, *s.* 1. The act of freeing from captivity: saoradh. 2. the act of delivering a thing to another: toirt seachad, liubhairt. 3. the act of bringing children: aisead.
Deliverer, *s.* 1. A saver, a rescuer: fear-saoraidh, slànuighear. 2. a relater, one that communicates something by speech or writing: fear-liubhairt.
Delivery, *s.* 1. The act of delivering: liubhairt, toirt seachad, toirt thairis. 2. release, rescue, saving: saoradh, teàrnadh, teasairginn. 3. a surrender, act of giving up: tabhairt, tiomnadh. 4. utterance: labhairt. 5. use of the limbs, activity: gluasad, fuasgailteachd. 7. childbirth: aisead.
Dell, *s.* See Dale.
Delph, *s.* See Delf.
Deludable, *adj.* So-mheallaidh.
Delude, *v. a.* 1. Beguile, cheat, deceive: meall, thoir an car á, thoir a chreidsinn air. 2. disappoint, frustrate: dìobair, cuir a thaobh.
Deluder, *s.* Mealltair, cealgair, breugadair, slaightear.
Deluding, *s.* Mealladh, cealg, cluain, cealgaireachd, breug.
Delve, *v. a.* 1. Dig, open the ground with a spade: ruamhair, tochail, cladhaich, treachail. 2. fathom, sift, sound one's opinion: cladhaich.
Delve, *s.* Dìg, slochd, toll.
Delver, *s.* Fear ruamhair.
Deluge, *s.* 1. A general inundation: tuil, dìle, anbhàthadh. 2. an overflowing of the natural bounds of a river: tuil, lighe. 3. any sudden and resistless calamity: dunaidh, tubaist, an-bhàthadh.
Deluge, *v. a.* 1. Drown, lay totally under water: tuilich, bàth, còmhdaich thairis le uisge. 2. overwhelm with any calamity: cuir fuidh, bàth.
Delusion, *s.* 1. The act of deluding, a cheat: mealladh, cealg, feall, cluain, cluaintearachd, michleas. 2. the state of one deluded: mealladh, mearachd, doill'-inntinn. 3. a false representation, illusion: mealladh, cùis-bhréige, feall-ghniomh.
Delusive, Delusory, } *adj.* Mealltach, cealgach, mi-chleasach, carach.
Demagogue, *s.* Ceannard-gràisge, gràisg-fhlath.
Demain, Demean, Demesne, } *s.* 1. That land which a man holds originally of himself: fearann-oighreachd, fearann-tighearnais. 2. estate in land: fearann saor. 3. land adjoining to the mansion: baile 'n tighearna.
Demand, *v. a.* 1. Claim, ask for with authority: iarr, tagair, sir. 2. question, interrogate: feòraich, farraid, ceasnaich. 3. (in law) prosecute in a real action: tagair.
Demand, *s.* 1. A claim, a challenging: iarruidh, iarrtas, sireadh, tagradh, tagartas. 2. a question, an interrogation: feòrachd, farraid, ceisd. 3. the calling for a thing in order to purchase it: feòrachd, foighneachd. 4. (in law), the asking of what is due: tagradh, tagartas.
Demandable, *adj.* Tagrach, so-thagraidh.
Demandant, *s.* Tagaireach, fear-tagraidh.
Demander, *s.* 1. One that requires a thing with authority: tagaireach, tagradair, fear-tagraidh, iarradair. 2. one that asks a question: fear chur cheisdean. 3. one that asks for a thing in order to purchace it: fear feòraich luach. 4. a dunner: tagaireach, fear-tagraidh.
Demandress, *s.* Ban-thagradair.
Demarcation, *s.* Eadar-dhealachadh, eadar-sgaradh, crìoch.
Demarch, *s.* Gluasad, imeachd.
Demean, *s.* See Mien.
Demean, *v. a.* 1. Behave, carry one's self: giùlain, iomchair. 2. lessen, debase, undervalue: lughdaich, ìslich, irioslaich.
Demeanour, *s.* Giùlan, beus, iomchar, caitheamhbeatha, gnàthachadh.
Demeans, *s.* See Demean, and Demesne.
Demency, *s.* Cuthach.
Dementate, *v. a.* Cuir as a chiall.
Dementate, *adj.* Air a' chuthach, air boile, breisleachail, gòrach.
Dementation, *s.* Mearan, mearaichinn, cuthach.
Demerit, *s.* Droch thoillteanas, cron, lochd, coire.
Demerit, *v. a.* Toill achmhasan, toill peanas.
Demersed, *adj.* Bàite, tumta, bogaichte.
Demersion, *s.* Bàthadh, cur fuidh 'n uisge, tumadh.
Demesne, *s.* See Demain.

Demi, *s.* Leth.
Demi-cannon, *s.* Leth-ghunna mòr.
Demi-devil, *s.* Leth-dhiabhol.
Demi-man, *s.* Gàrlach, sìochair.
Demigrate, *v. a.* See Emigrate.
Demigration, *s.* See Emigration.
Demise, *s.* Bàs, caochladh, siubhal, eug.
Demise, *v. a.* Tiomain, fàg dìleab.
Demission, *s.* Ìsleachadh, suarachas.
Demit, *v. a.* 1. Depress, hang down, let fall: cuir fuidh sprochd, di-mhisnich, crom a sìos. 2. submit, humble: gèill, strìochd, thig fuidh smachd.
Democracy, *s.* Comh-fhlaithe, gràisg-fhlaitheachd.
Democrat, **Democratist**, *s.* Comh-fhlath, fear comh-fhlaitheachd, gràisg-fhlath.
Democratic, **Democratical**, *adj.* A bhuineas do ghràisg-fhlaitheachd.
Democratically, *adv.* See Democratical.
Demolish, *v. a.* Dìth-làraich, tilg bun os ceann, dìth-mhill, fàsaich.
Demolisher, *s.* Milltear, dìth-mhilltear fear-fàsachaidh.
Demolishment, **Demolition**, *s.* Leagadh gu làr, dìth-mhilleadh, fàsachadh.
Demon, *s.* Droch-spiorad, deamhan, diabhol, aibhistear.
Demoness, *s.* Ban-deamhan.
Demoniac, **Demoniacal**, *adj.* Deamhnaidh, diabhluidh, aingidh.
Demoniac, *s.* Fear air a shealbhachadh le diabhol.
Demonian, *adj.* See Demoniac, *adj.*
Demonocracy, *s.* Cumhachd an diabhoil, diabhluidheachd.
Demonology, *s.* Deamhan eòlas.
Demonomy, *s.* Uachdranachd an diabhoil.
Demonstrable, *adj.* So-dhearbhaidh, soilleir, dearbhchinnteach.
Demonstrableness, *s.* Dearbhachd, dearbhadas, dearbh-chinnteas.
Demonstrably, *adv.* See Demonstrable.
Demonstrate, *v. a.* Coimh-dhearbh, dearbh, dearbhadaich, làn-dearbh.
Demonstration, *s.* 1. The highest degree of deducible or argumental evidence: comh-dhearbhadh, dearbh-chinnt. 2. indubitable evidence of the senses or reason: fios-dhearbhadh.
Demonstrative, *adj.* 1. Having the power of demonstration: dearbh-chinnteach, neo-mhearachdach. 2. having the power of expressing clearly and certainly: dearbhach, làn-shoilleir.
Demonstratively, *adv.* See Demonstrative.
Demonstrator, *s.* Fear comh-dhearbhaidh.
Demoralization, *s.* Milleadh dheadh-bheusan.
Demoralize, *v. a.* Mill deadh-bheusan, truaill deadh-bheusan.
Demulcent, *adj.* Sèimh, tlàth, maoth, bog, tais.
Demur, *v. a.* et *n.* 1. Doubt of: cuir teagamh ann, dean teabadaich. 2. delay a process in law by doubts and objections: dailich, mairnealaich, bi teabadaich. 3. hesitate, delay the conclusion of an affair: cuir dàil ann, dean maille. 4. doubt, have scruples or difficulties: bi teabadaich, bi an ioma-chomhairle.
Demur, *s.* Teagamh, teabadaich, màirneal, iomachomhairle, dàil.
Demure, *adj.* 1. Sober, decent: stuama, bandaidh, socrach, suidhichte. 2. grave, affectedly modest: bunnlumach, gruamach, stòlda, neo-luainneach.
Demurely, *adv.* See Demure.
Demureness, *s.* Gruamachd, stòldachd, baindidheachd, bunnlum.
Demurrage, *s.* Dìoladh maille luinge.
Demurer, *s.* Fear an ioma-chomhairle.
Demy, *s.* Paipeir beag.
Den, *s.* 1. A cavern or hollow running horizontally under ground: uamh, còs, slochd. 2. the cave of a wild beast: garaidh.
Denary, *s.* Deich, an t-àireamh deich.
Dendrology, *s.* Eòlas chraobh.
Denegation, *s.* Àicheadh.
Deniable, *adj.* So-àicheadh.
Denial, *adj.* 1. Negation: àicheadh. 2. refusal, the contrary to grant, or concession: àicheadh, diùltadh, obadh, euradh. 3. abjuration, contrary to acknowledgment of adherence: àicheadh, cur dheth.
Denier, *s.* 1. A contradictor, an opponent: fear-àicheidh. 2. a disowner: fear-àicheidh. 3. a refuser: fear-àicheidh, fear-diùltaidh. 4. a small denomination of French money: cùinneadh beag Francach.
Denigrate, *v. a.* Dubh, duaichnich.
Denigration, *s.* Dubhadh, duaichneachadh.
Denization, *s.* Deanamh saoranaich.
Denizen, *s.* Saoranach, bùirdeiseach.
Denizen, *v. a.* Dean saor, cuir an inbhe saoranaich.
Denominable, *adj.* So-ainmeachaidh.
Denominate, *v. a.* Ainmich. gairm, goir.
Denomination, *s.* Ainm, ainmeachadh, sloinneadh.
Denominative, *adj.* Ainmeannach.
Denominator, *s.* Ainmeannaiche.
Denotable, *adj.* Comharraichte, sònruichte, àraidh.
Denotate, *v. a.* See Denote.
Denotation, *s.* Comharrachadh, ainmeachadh.
Denotative, *adj.* A' comharrachadh, ainmeannach.
Denote, *v. a.* Comharraich, taisbein, seòl a mach.
Denotement, *s.* Comharradh.
Denounce, *v. a.* 1. Threaten by proclamation: bagair, cuir an céill bagradh. 2. threaten by some outward sign or expression: bagair, innis cunnart. 3. give information against, accuse publicly: casaidich, innis air.
Denouncement, *s.* Bagradh, bagairt, cur an céill bagraidh, maoideadh, dìteadh.
Denouncer, *s.* Fear cuir an céill bagraidh, fear fuagraidh.
Dense, *adj.* Tiugh, dlùth, teann.
Density, *s.* Tighead, dlùths, daingneachd.
Dent, *s.* See Dint.
Dental, *adj.* Fiaclach.
Dented, *adj.* Air fhiacladh, fiaclaichte.
Denticulation, *s.* Min-fhiaclan, sgòr-dheudach.
Denticulated, *adj.* Fiaclach, fiaclaichte.
Dentifrice, *s.* Fùdar fhiacal.

Dentist, *s.* Léigh fhiacal.
Dentition, *s.* 1. The act of breeding the teeth: fiaclachadh. 2. the time at which children's teeth are bred: àm gcarraidh nam fiacal.
Denudate, *v. a.* Rùisg, lomair, lom, dean lom-nochd.
Denudation, *s.* Rùsgadh, lomradh, lomadh.
Denude, *v. a.* Rùisg, lomair.
Denunciate, *v. a.* See Denounce.
Denunciation, *s.* 1. The act of denouncing, the proclamation of a threat: fuagradh, cur an céill bagraidh. 2. publication, sanction: fuagradh, gairm fholluiseach.
Denunciator, *s.* 1. He that proclaims any threat: fear cuir an céill bagraidh. 2. he that lays information against another: casaidich.
Deny, *v. a.* 1. Contradict: àicheadh. 2. refuse, grant not: àicheadh diùlt ob, cur. 3. abnegate, disown: àicheadh. 4. renounce, disregard: àicheadh, diùlt, cum uait.
Deobstruct, *v. a.* Glan, réitich, dean slighe.
Deobstruent, *s.* Purgaid-ghlanaidh.
Deobstruent, *adj.* Purgaideach.
Deodand, *s.* Tabhartas do Dhia, naomh-thiodhac.
Deoppilate, *v. a.* See Deobstruct.
Deoppilation, *s.* Glanadh, reiteachadh, fosgladh.
Deoppilatite, *adj.* See Deobstruent, *adj.*
Deosculate, *v. a.* Pòg.
Deosculation, *s.* Pògadh.
Depaint, *v. a.* 1. Picture, describe by colours, paint: dealbh, tarruing dealbh, dreach. 2. describe: aithris, cuir an céill an òrdugh.
Depart, *v. a.* et *n.* 1. Quit, leave, retire from: fàg: 2. leave the world: siubhail, caochail, fàg an saoghal. 3. separate, part: dealaich, sgar. 4. distribute: roinn, compàirtich. 5. go away from a place: imich, falbh, siubhail. 6. desist from a practice: dealaich, tréig, fàg. 7. be lost, perish: rach am mugha. 8. desert, revolt, apostatise: ceannaircich, cùl-sleamhnaich. 9. desist from a resolution or opinion: sguir, fàg, tréig. 10. die, leave the world: bàsaich, eug, siubhail.
Depart, *s.* 1. The act of going away: falbh, fàgail. 2. death: siubhal, bàs, caochladh.
Departer, *s.* Fear-glanaidh mheitealt
Departing, *s.* A going away: dol air falbh, fàgail. 2. separation: fàgail, tréigsinn, eadar-dhealachadh, eadar-sgaradh.
Department, *s.* 1. Province or business assigned to any particular person: gnothach, dreuchd, cùram. 2. a division or extent of country under the same jurisdiction: mòr-roinn.
Departure, *s.* 1. A going away: falbh, fàgail, triall, dol air falbh. 2. death, disease: siubhal, caochladh. 3. a forsaking: tréigsinn, dealachadh, fàgail.
Depascent, *adj.* Ag ionaltradh.
Depasture, *v. a.* et *n.* 1. Eat up, consume by feeding upon it: ith, ionaltair, feuraich. 2. feed, graze: ith, bi 'g ionaltradh, bi feurach.
Depauperate, *v. a.* Bochdainnich, thoir gu bochdainn.
Depictible, *adj.* Tiugh, righinn, slamanach, ronnach.
Depinct, *v. a.* See Depaint.
Depeculation, *s.* See Peculation.
Depend, *v. n.* 1. Hang from: croch ri, comh-chroch. 2. be in a state influenced by some external cause: bi am freasdal, bi an comain. 3. be connected with any thing as with its cause: comh-chroch. 4. be in suspense, be yet undetermined: màirnealaich, bi an ioma-chomhairle, bi gun chuir gu ceann. 5. be fixed with attention: thoir toighe, beachdaich. 6. rely on, trust to: earb ri, cuir muinghinn ann.
Dependance, } Dependancy, } *s.* 1. The state of hanging down from a supporter: crochadh. 2. something hanging upon another: crochadh, cluigein. 3. concatenation, relating one thing to another: comh-crochadh, comh-chuibhreach. 4. state of being at the disposal, or under the sovereignty of another: eisimeil, comain. 5. the things or persons of which any man has the dominion or disposal: luchd-eismeil, luchd-comain, iochdarain. 6. reliance, trust, confidence: earbsa, dòchas, muinghinn, dùil.
Dependant, *adj.* 1. Hanging down: an crochadh ri. 2. relating to something previous: comh-chrochach. 3. in the power of another: eisimeileach.
Dependant, *s.* Fear-leanmhuinn, fear-eisimeil, iochdaran.
Dependence, } Dependency, } *s.* See Dependance and Dependancy.
Dependent, *adj.* See Dependant, *adj.*
Dependent, *s.* See Dependant, *s.*
Deperditely, *adv.* Gu millteach, gu sgriosail.
Deprrdition, *s.* Léir-sgrios, dìobhail, call.
Dephlegm, } Dephlegmate, } *v. a.* Glan o mhùsgan, glan o leann-tàth.
Depict, *v. a.* 1. Paint, portray, represent in colours: dealbh, dreach, tarruing dealbh. 2. describe, represent an action to the mind: mìnich, soilleirich, samhlaich, cuir sìos an òrdugh.
Depicture, *v. a.* Dealbh, dreach.
Depilate, *v. a.* Spìon am falt dheth.
Depilation, *s.* Spìonadh an fhuilt.
Depilatory, *s.* Ola lomraidh.
Depilous, *adj.* Maol, lom, gun fhalt.
Deplantation, *s.* Ath-shuidheachadh chraobh.
Depletion, *s.* Falmhachadh.
Deplorable, *adj.* Brònach, muladach, tuirseach, dubhach, truagh.
Deplorableness, *s.* Truaighe, tuirseachd.
Deplorably, *adv.* See Deplorable.
Deplorate, *adj.* See Deplorable.
Deploration, *s.* Gul, caoidh, iomadan, tuireadh, cumha.
Deplore, *v. a.* Caoidh, caoin, dean tuireadh, dean cumha dean bròn.
Deploredly, *adv.* Gu deireasach, gu tarcuiseach.
Deplorer, *s.* Fear-cumha, fear-caoidh, fear bròin.
Deplumation, *s.* Spìonadh itean.

Deplume, *v. a.* Spion dheth na h-itean, rùisg deth a' chlòimh.

Depone, *v. a.* 1. Lay down as a pledge, or security: fàg an geall, thoir an geall. 2. risk upon the success of an adventure: leag geall, cuir geall.

Deponent, *s.* Fianuis, fianuis air a mhionnaibh.

Depopulate, *v. a.* et *n.* 1. Unpeople, lay waste: fàsaich, dìth-làraich, bànaich. 2. become dispeopled: bi dìth-làraichte.

Depopulation, *s.* Dìth-làrachadh, fàsachadh, dìthmhilleadh léir-sgrios.

Depopulator, *s.* Dìth-mhilltear, fear-fàsachaidh.

Deport, *v. a.* Giùlain, iomchair, gluais.

Deport, *s.* See Deportment.

Deportation, *s.* 1. Transportation: fògradh, fuagradh. 2. exile in general: fògradh, fuagradh.

Deportment, *s.* 1. Conduct, management: giùlan, cleachdamh, caitheamh-beatha. 2. demeanour, behaviour: giùlan, iomchar, beus, gnàths, gluasad.

Deposable, *adj.* A ghabhas toirt air falbh.

Deposal, *s.* Cur bhàrr a' chrùin.

DISSOLVE, *v. a.* et *n.* 1. Melt: leagh. 2. break, disunite in any manner: bris, sgaoil, cuir o chéile. 3. loose, break the ties of any thing: fuasgail, sgaoil, cuir fuidh sgaoil. 4. separate persons united: eadar-dhealaich, sgar o chéile. 5. break up assemblies: sgaoil. 6. solve, clear: fuasgail, dean soilleir. 7. be relaxed by pleasure: leagh. 8. be melted: leagh. 9. sink away, fall to nothing: leagh, tuit air falbh.

DISSOLVENT, *adj.* Leaghach, a leaghas.

DISSOLVENT, DISSOLVER, *s.* Rud a ni leaghadh.

DISSOLUTE, *adj.* Fuasgailte, macnusach, baoiseach, stròthail, ana-measarra, neo-gheamnuidh.

DISSOLUTELY, *adv.* See Dissolute.

DISSOLUTENESS, *s.* Fuasgailteachd, stròthalachd, neo-gheamnuidheachd, ana-measarrachd.

DISSOLUTION, *s.* 1. The act of liquefying, the state of being liquefied, or liquefactious: leaghadh. 2. destruction of any thing by the separation of its parts: leaghadh, fuasgladh, dol as a chéile. 3. the substance formed by dissolving any body: ni leaghta. 4. death: caochladh, bàs, sgrios, eug. 5. destruction: sgrios. 6. breach or ruin of any thing compacted or united: bristeadh, sgaoileadh, dol as a chéile. 7. the act of breaking up an assembly: sgaoileadh. 8. looseness of manners: fuasgailteachd.

DISSONANCE, s. Ràsan, ràcaireachd, mi-chòrdadh am fuaim.

DISSONANT, *adj.* 1. Harsh, unharmonious: ràsanach, neo-bhinn, searbh. 2. incongruous, disagreeing: neo-fhreagarrach, eas-aontach.

DISSUADE, *v. a.* Comhairlich an aghaidh, ath-chomhairlich.

DISSUADER, *s.* Comhairliche 'n aghaidh.

DISSUASION, DISSUASIVE, *s.* Earalachadh, toirmeasg, ath-chomhairle.

DISSUASIVE, *adj.* Earalach, a' comhairleachadh an aghaidh.

DISSYLLABLE, *s.* Dà-shioladh, focal dà lideadh.

DISTAFF, *s.* Cuigeal.

DISTAIN, *v. a.* See Stain, *v. a.*

DISTANCE, *s.* 1. Space considered barely in length between any two beings without considering any thing else between them: astar, uidhe. 2. remoteness in place: astar, uidhe, céin. 3. contrariety, opposition: eas-aontachd. 4. space of time: ùine,

seal. 5. remoteness in time either past or future: céin, fad air falbh. 6. ideal distinction: astar, mùthadh. 7. respect, distant behaviour: astar, uidhe, urram, meas. 8. reserve: àite féin.

DISTANCE, *v. a.* 1. Place remotely: cuir fad as. 2. leave behind at a race the length of a distance: fàg, cuir air deireadh.

DISTANT, *adj.* 1. Remote in place: fad, fada, fad air falbh, fad as. 2. remote in time either past or future: céin, fad, fad uaithe. 3. remote to a certain degree: fad. 4. reserved, shy: coimheach, fuaranach, neo-shuilbhir. 5. remote in nature, not allied: fad uaithe, neo-dhàimheil. 6. not obvious, not plain: dorcha, doilleir.

DISTASTE, *s.* 1. Aversion of the palate: ana-blas, searbhachd, droch-bhlas, déistinn, gràin. 2. dislike, uneasiness: mi-thoirt, gràin, anntlachd. 3. anger, alienation of affection: gràin, fuath, déistinn.

DISTASTE, *v. a.* 1. Fill the mouth with nauseousness or disrelish: searbhaich, gràinich, sgreamhaich, cuir droch bhlas air. 2. dislike, loath: fuathaich, gabh gràin deth. 3. offend, disgust: dean diombach, gràinich. 4. vex, exasperate, sour: dorranaich, feargaich, cuir gràin air. 5. make distasteful: searbhaich, cuir droch bhlas air.

DISTASTEFUL, *adj.* 1. Nauseous to the palate, disgusting: mi-bhlasda, neo-bhlasda, searbh. 2. offensive, unpleasing: neo-thaitneach, fuathach. 3. malignant, malevolent: fiadhaich, droch-mheinneach, droch-inntinneach.

DISTASTEFULNESS, *s.* Gairge, neo-bhlasdachd, searbhachd.

DISTEMPER, *s.* 1. A disease, malady: tinneas, galar, eucail, euslainte. 2. bad constitution of the mind: droch-mhèinn, crosdachd. 3. disorder, uneasiness: buaireas, troimh chéile.

DISTEMPER, *v. a.* 1. Disease: cuir galar ann, dean tinn, dean eucaileach. 2. disorder: buair, cuir troimh chéile. 3. deprive of temper or moderation: buair, cuir troimhe chéile. 4. make disaffected or malignant: dorranaich, eargnaich.

DISTEMPERATE, *adj.* 1. Immoderate: ana-measarra. 2. diseased, disordered: galarach, euslainteach, eucaileach.

DISTEMPERATURE, *s.* Tuairgneadh, buaireas, miriaghailt.

DISTEND, *v. a.* Leudaich, sìn a mach.

DISTENSION, DISTENTION, *s.* 1. The act of stretching, state of things stretched: sìneadh a mach, sgaoileadh. 2. breadth: leud, leudachadh. 3. the act of separating one part from another: sgaoileadh.

DITERMINATE, *adj.* Comharraichte, soilleir le crìochaibh.

DISTICH, *s.* Ceathramh òrain.

DISTIL, *v. a.* et *n.* 1. Let fall in drops: sil, driog, braon. 2. force by fire, through the vessels of distillation: tarruing. 3. draw by distillation: tarruing. 4. dissolve, melt: sil, leagh. 5. drop, fall by drops: sil, tuit mar an driùchd. 6. flow gently and silently: sil, sruth. 7. practise the art of distillation: tarruing.

DISTILLATION, *s.* 1. The act of dropping or falling in drops: sileadh, braonadh, driogachd, sruthadh. 2. that which falls in drops: sileadh, braon. 3. the act of distilling by fire: tarruing. 4. the substance drawn by the still: tarruing, togail.

DISTILLER, *s.* Grùdair, fear-togalach, driogaire.

DISTILLERY, *s.* 1. The art of distilling spirits: togail, tarruing, grùdaireachd. 2. The place where the distiller exposes his spirits for sale: tigh-togalach.

DISTINCT, *adj.* 1. Different: air leth, eug-samhuil. 2. different, separate: air leth. 3. clear, unconfused: soilleir, comharraichte, poncail. 4. spotted, variegated: eug-samhuil, ballach, balla-bhreac. 5. marked out, specified: comharraichte.

DISTINCTION, *s.* 1. The act of discerning one as preferable to the other: comharrachadh, dealachadh, eadar-dhealachadh, mùthadh. 2. note of difference: comharradh, diùbhras, dealachadh. 3. honourable note of superiority: inbhe. 4. that by which one differs from another: mùthadh, dealachadh, eadar-dhealachadh, diùbhras. 5. separation: eadar-dhealachadh. 6. discrimination: eadar-dhealachadh. 7. discernment, judgment: breithneachadh.

DISTINCTIVE, *adj.* Diùbhrasach, tuigseach, a chuireas eadar-dhealachadh.

DISTINCTIVELY, *adv.* See Distinctive.

DISTINCTLY, *adv.* See Distinct, *adj.*

DISTINCTNESS, *s.* Min eadar-dhealachadh.

DISTINGUISH, *v. a.* et *n.* 1. Note the diversity of things: eadar-dhealaich, comharrach, faic mùthadh nithean. 2. separate from others by some mark of honour, or preference: eadar-dhealaich, cuir dealachadh eadar. 3. divide by proper notes of diversity: comharraich. 4. know one from another by any mark, or note of difference: comharraich, aithnich. 5. discern critically, judge: breithnich. 6. make distinction, find, or shew the difference: cuir eadar-dhealachadh, bi cur mùthaidh.

DISTINGUISHABLE, *adj.* 1. So-chomharraichte, so-aithneachaidh. 2. worthy of note, worthy of regard: sònruichte, àraidh.

DISTINGUISHED, *adj.* Comharraichte, urramach, sònruichte, ainmeil, cliùiteach.

DISTINGUISHER, *s.* Fear-breithneachaidh, fear-cuir eadar-dhealachaidh.

DISTINGUISHINGLY, *adv.* Gu comharraichte, le eadar-dhealachadh.

DISTORT, *v. a.* 1. Writhe, twist: toinn, snìomh. 2. put out of the true direction, or posture: toinn, snìomh, càm. 3. wrest from the true meaning: fiar, mi-mhìnich.

DISTORT, *adj.* Toinnte, snìomhta, air fhiaradh, mi-mhìnichte.

DISTORTIAN, *s.* 1. Irregular motion by which the face is writhed: sreamadh, casadh, toinneamh, snìomh. 2. a wresting from the true meaning: fiaradh, mi-mhìneachadh.

DISTRACT, *v. a.* 1. Pull different ways at once:

tarruing air falbh, tarruing iomadh rathad. 2. separate, divide: roinn, cuir as a chéile. 3. fill the mind with contrary considerations: iomluaisg, cuir an ioma-chomhairle, cuir an imcheist. 4. make mad: breislich, cuir air bhreitheal, buair, cuir air a' chuthach.

Distract, } Distracted, } *adj.* Air a' chuthach, mi-chéillidh.

Distractedly, *adv.* See Distracted.

Distractedness, *s.* Cuthach, breisleach, breathal, mearan.

Distraction, *s.* 1. Tendency to different parts, separation: eas-aonachd, mi-riaghailt, iom-sgaradh, iom-sgoltadh. 2. confusion, state in which the attention is called different ways: iom-luasgadh, buaireadh, buaireas. 3. perturbation of mind: bruaidlean, imcheist. 4. madness: mearan, mi-chiall, breatheal. 5. disturbance, difference of sentiments: eas-aonachd, mi-chòrdadh.

Distractive, *adj.* Buaireasach.

Distrain, *v. a.* Glac, cuir an gréim.

Distrainer, *s.* Glacadair.

Distress, *s.* 1. The act of making a legal seizure: glacadh laghail. 2. a compulsion in real actions: éigneachadh, éigin, cruaidh-chas. 3. calamity, misery, misfortune: àmhghar, teanndachd, sàrachadh, teinn, trioblaid, cruaidh-chas.

Distress, *v. a.* 1. Prosecute by law to a seizure: thoir lagh air. 2. harass, make miserable: sàruich, claoidh, cuir an àmhghar.

Distressful, *adj.* Truagh, àmhgharach, trioblaideach, an-shocrach.

Distressfully, *adv.* See Distressful.

Distressing, *s.* Sàruchadh, claoidh, trioblaideachadh.

Distribute, *v. a.* Roinn, compàirtich, riaraich.

Distributer, *s.* Fear-roinn, riaraiche.

Distribution, *s.* 1. The act of distributing, or dealing out to others: roinn compàirteachadh, riarachas. 2. act of giving in charity: buileachadh, tiodhlacadh.

Distributive, *adj.* Compàirteach.

Distributely, *adv.* See Distributive.

Distributiveness, *s.* Compàirteachd.

District, *s.* 1. The circuit, or territory within which a man may be compelled to appearance: ceàrn, siorramachd. 2. province: mòr-roinn dùthaich. 3. region, country, territory: dùthaich, tìr.

Distrust, *v. a.* Na h-earb á, thoir mi-chreidas do.

Distrust, *s.* 1. Discredit, loss of credit: mi-chreideas, mi-mhuinghinn. 2. suspicion: teagamh, amhuras, an-amhuras, an-earbsa.

Distrustful, *adj.* 1. Suspicious: mi-chreideasach, amhurasach, an-amhurasach, an-earbsach. 2. diffident: an-earbsach, mi-mhuinghinneach.

Distressfully, *adv.* See Distressful.

Distrusting, *s.* Mi-chreideas, mi-mhuinghinn, an-earbsa.

Distune, *v. a.* Cuir á gleus.

Disturb, *v. a.* 1. Perplex, disquiet, deprive of tranquillity: buair, trioblaidich, cuir dragh air. 2. confound, put into irregular motions: buair, cuir troimh chéile. 3. interrupt, hinder: trioblaidich, bac, cuir dragh air, maillich.

Disturbance, *s.* 1. Perplexity, interruption of a settled state: buaireas, trioblaid, maille, grabadh. 2. confusion, disorder of thought: buaireas, buaireadh, tuairgneadh, troimh chéile. 3. tumult, violation of peace: buaireas, troimh-chéile, aimhreit.

Disturber, *s.* Buaireadair, fear-tuairgnidh.

Disvalue, *v. a.* See Undervalue.

Disunion, *s.* 1. Separation, disjunction: eadar-sgaradh, dealachadh. 2. breach of concord: eas-aonachd mi-chòrdadh.

Disunite, *v. a.* et *n.* 1. Separate, divide: sgar, eadar-sgar dealaich. 2. part friends, or allies: cuir eadar, eadar-sgar. 3. fall asunder: tuit uaith.

Disunity, *s.* Eas-aonachd.

Disuse, *s.* Mi-chleachdadh.

Disuse, *v. a.* Cuir á cleachdadh.

Dit, *v. a.* Dùin a suas.

Ditation, *s.* Deanamh beartach.

Ditch, *s.* 1. A trench cut in the ground usually between two fields: clais, dìg, staing. 2. any long narrow receptacle of water: dìg, staing. 3. the moat by which a fortress is surrounded: clais, no, dìg baile-daingnich.

Ditch, *v. a.* et *n.* 1. Surround with a ditch, or moat: cladhaich dìg mu. 2. make a ditch: dean dìg, cladhaich clais.

Ditcher, *s.* Dìgear.

Dithyrambic, *s.* Òran do 'n uisge-bheatha.

Dittany, *s.* Lus-a-phìobair.

Dittied, *adj.* Luinneagach, air a chur ri fonn.

Ditto, *adv.* Leth-bhreac, a' ni ceudna.

Ditty, *s.* Òran, luinneag, duanag.

Divan, *s.* 1. The council of the oriental princes: seanadh Turcach, àrd-chomhairle, an Turcaich. 2. any council assembled: àrd-chomhairle.

Divarication, *s.* Sgoltadh, roinn.

Dive, *v. a.* et *n.* 1. Explore by diving: rannsaich fuidh 'n uisge. 2. sink voluntarily under water: theirig fuidhe, tum. 3. go under water in search of any thing: rach fuidh 'n uisge, tum a stigh. 4. go deep into any question, doctrine, or science: rach domhain, rach a stigh ann. 5. immerge into any business or condition: tionnsgain gnothach. 6. depart from observation, sink: rach á sealladh.

Diver, *s.* 1. One that sinks voluntarily under water: tumair, dubh-shnàmhaiche. 2. he that enters deep into knowledge or study: fear-rannsachaidh, àrd-sgoilear, sgoilear domhain. 3. a water-fowl. See Didnapper.

Diverge, *v. n.* Iom-sgaoil, rach gach rathad.

Divergent, *adj.* A' dol gach rathad.

Divers, *adj.* Iomadh, lìonmhor, pailt, eug-samhuil.

Divers-coloured, *adj.* Breac-bhallach, eug-samhuil.

Diverse, *adj.* 1. Different from another: eug-samhuil, air leth. 2. different from itself, multiform: eug-samhuil, ioma-chruthach.

Diversification, *s.* 1. The act of changing forms or qualities: mùthadh, atharrachadh, caochladh.

2. variation, multiformity: eug-samhlachd iomad-alachd.

Diversify, *v. a.* 1. Make different from another, distinguish: mùth, atharraich, dean eug-samhuil. 2. make different from itself, variegate: mùth, dean ioma-chruthach.

Diversion, *s.* 1. The act of turning any thing off from its course: tionndadh air falbh, claonadh. 2. sport: cridhealas, caitheamh-aimsire, fala-dhà, fearas-cuidheachd.

Diversity, *s.* 1. Difference, dissimilitude, unlikeness: eu-coltas, eu-cosmhalachd, eug-samhlachd. 2. variety: eug-samhlachd, iomadachd, lìonmhoireachd. 3. variegation: breacadh.

Diversely, *adv.* See Diverse.

Divert, *v. a.* 1. Turn off from any direction or course: tionndaidh air falbh, cuir gu taobh. 2. withdraw the mind: cùm o fhadal, breug. 3. please, exhilarate: breug, toilich, cum cluich ṙi.

Divertive, *adj.* Àbhachdach, sùgach.

Divert, *v. a.* See Devert.

Divide, *v. a.* et *n.* 1. Part one whole into different pieces: roinn, eadar-sgar, dealaich. 2. separate, keep apart: cuir dealachadh eadar, cùm o chéile. 3. disunite by discord: ṙoinn, sgar, eadar-sgar. 4. deal out, give in shares: ṙoinn, pàirtich. 5. part, sunder: dealaich, sgar, sgoilt. 6. break ṫriendship: cuir a mach air, dealaich, mi-chòrd. 7. be of different opinions: eas-aontaich, mi-chòrd.

Dividend, *s.* 1. A share, the part allotted in division: earrann, roinn, cuid. 2. (in arithmetic) the number given to be parted or divided: àireamh ṙ'a ṙoinn.

Divider, *s.* Fear-roinn, roinneadair.

Dividing, *s.*. Eadar-sgaradh, eadar-dhealachadh.

Dividual, *adj.* Roinnte, eadar-sgarta.

Divination, *s.* Fàisneachd, fiosachd, druidheachd.

Divinator, *s.* Fàisniche, fiosaiche, fàistineach.

Divine, *adj.* Diadhuidh, neàmhuidh.

Divine, *s.* 1. A minister of the gospel, a priest, a clergyman: ministeir, sagart, cléireach, pears-eaglais. 2. a man skilled in divinity, a theologian: diadhair, diadhach.

Divine, *v. a.* et *n.* 1. Foretel: targair, fàisnich, dean fiosachd. 2. utter prognostications: dean fiosachd, ṙoimh-innis. 3. feel presages: mothaich fàisneachd. 4. conjecture, guess: baralaich.

Divinely, *adv.* See Divine, *adj.*

Diviner, *s.* See Divinator.

Divineress, *s.* Ban-fhiosaiche, ban-druidh.

Divinity, *s.* 1. Participation of the nature and excellence of God: diadhachd. 2. God the deity: Dia, Diadhachd. 3. false god: dia bréige. 4. celestial being: dia, aingeal. 5. theology: diadhaireachd. 6. something supernatural: ni neo-thalmhaidh.

Divisible, *adj.* So-ṙoinn, so-ṙoinneadh, pàirteachail.

Divisibility, *s.* So eadar-sgarachduinn.

Division, *s.* 1. The act of dividing any thing into parts: roinn, earrannachadh, pàirteachadh. 2. the state of being divided: roinn, eadar-dhealachadh. 3. that by which any thing is kept apart, partition: dealachadh. 4. the part which is separated from the rest by dividing: roinn, pàirt, cuid, earrann. 5. disunion: eas-aonachd, roinn. 6. parts into which a discourse is distributed: roinn, ceann. 8. distinction: eadar-dhealachadh. 9. (in arithmetic): riaghailt, no, roinn. 10. subdivision: ath-ṙoinn.

Divisive, *adj.* A' deanamh ṙoinnean.

Divisor, *s.* Roinneadair, àireamh roinn.

Divorce, *s.* 1. The lawful separation of husband and wife: eadar-sgaradh, dealachadh càraid-phòsda. 2. separation, disunion: eadar-sgaradh, eadar-sgarachduinn, dealachadh. 3. the sentence by which a marriage is dissolved: litir-dhealachaidh.

Divorce, *v. a.* 1. Separate a husband or wife from the other: dealaich càraid-phòsda, dean eadar-sgaradh. 2. force asunder, separate by violence: sgar, dealaich, eadar-dhealaich. 3. separate from another: dealaich ṙi. 4. take away, put away: cuir air falbh, thoir air falbh.

Divorcement, *s.* See Divorce, *s.*

Divorcer, *s.* Fear-dealachaidh càraid-phòsda.

Diuretic, *s.* Fual-bhrosnachadh,

Diurnal, *adj.* 1. Relating to the day: lathail. 2. performed in a day, daily: lathail, gach là.

Diurnal, *s.* See Day-book.

Diurnalist, *s.* Fear cumail leabhair-latha.

Diurnally, *adv.* See Diurnal, *adj.*

Diuturnal, *adj.* Maireannach, buan.

Diuturnity, *s.* Maireannachd, maireachduinn, buanas.

Divulgation, *s.* Foillseachadh, taisbeanadh.

Divulge, *v. a.* 1. Publish, reveal to the world: foillsich, dean folluiseach, taisbean. 2. proclaim, declare by a public act: gairm, foillsich, innis gu folluiseach.

Divulger, *s.* Foillsichear.

Divulsion, *s.* Spìonadh, spioladh, sracadh, stròiceadh.

Divulsive, *adj.* Spiolach, stròiceach.

Dizen, *v. a.* See Dight.

Dizz, *v. a.* Cuir tuaicheal air.

Dizzard, *s.* Burraidh, umpaidh, amadan.

Dizziness, *s.* Tuaicheal, tuainealaich, tuaineal, clòdh-ghalar.

Dizzy, *adj.* 1. Giddy, vertiginous: tuainealach. 2. causing giddiness: tuainealach. 3. giddy, thoughtless: ṫaoin, eutrom, iollagach. 4. rotatory, whirling: tuainealach, a' dol mu 'n cuairt.

Dizzy, *v. a.* Cuir mu 'n cuairt, cuir tuainealaich air.

Do, *v. a.* et *n.* 1. Practise, or act any thing good, or evil: dèan gnàthaich. 2. perform, achieve: dèan, cuir an gnìomh. 3. execute, discharge: dèan, cuir an gnìomh, crìochnaich. 4. transact: dèan, dèan gnothach. 5. produce any effect to another: dèan. 6. have recourse to, practise as the last effort: dèan. 7. perform for the benefit, or hurt of another: dèan. 8. exert: dèan. 9. have business, deal: dèan. 10. gain: buannaich. 11. make any thing what it is not: dèan, atharraich, mùth. 12. finish, end: dèan, crìochnaich. 13. conclude, settle: suidhich, dèan, crìochnaich. 14.

put: cuir. 15. act, or behave in any manner: dèan. 16. cease to be concerned with: sguir. 17. fare, be with regard to health, or sickness: bi. 19. succeed, fulfil a purpose: dèan, bi murrach air. 19. deal with: biodh gnothach agad ri.
DOAT, *v. n.* See Dote.
DOCIBLE, *adj.* So-ionnsachaidh, sòirbh, soitheamh.
DOCIBILITY, DOCIBLENESS, *s.* See Docility.
DOCILE, *adj.* Soirbh, soitheamh, so-ionnsachaidh.
DOCILITY, *s.* Soirbheachd, géire.
DOCK, *s.* 1. A plant, a weed: copag. 2. a place where water is let in or out at pleasure, where ships are built, or laid up: long-phort, long-amar. 3. the stump of the tail: rumpull.
DOCK-YARD, *s.* Long-lann.
DOCK, *v. a.* 1. Cut off a tail: geàrr, sgud, dean cutach. 2. cut any thing short: coimh-gheàrr dean cutach. 3. cut off a reckoning: geàrr dheth. 4. lay a ship in a dock: cuir an long-amar.
DOCKET, *s.* Comharradh, no, seòladh air bathar, geàrr-sgriobhadh.
DOCKET, *v. a.* Comharraich pàipeirean air an cùlthaobh.
DOCTOR, *s.* 1. One that has taken the highest dedegree in the faculty of divinity, law, or physic: ollamh. 2. a man skilled in any profession: maighstir-céirde. 3. a physician: ollamh léigh. 4. any able, or learned man: àrd-sgoilear.
DOCTORAL, *adj.* Ollamhanta.
DOCTORALLY, *adv.* See Doctoral.
DOCTORESS, *s.* Ban-léigh.
DOCTORSHIP, *s.* Ollamhachd.
DOCTRINAL, *adj.* Oileanach, a bhuineas do theagasg.
DOCTRINALLY, *adv.* See Doctrinal.
DOCTRINE, *s.* 1. The principle, or positions of any sect, or master: teagasg, ionnsachadh, foghlum, oilean. 2. the act of teaching: teagasg, ionnsachadh, oileanachadh.
DOCUMENT, *s.* 1. Precept, instruction, direction: àithne, riaghailt, reachd-dhaingneach, seòladh. 2. (in law) a record: dearbhadh-sgrìobhta.
DODECAGON, *s.* Deabh da thaobh dheug.
DODGE, *v. n.* Meall, bi ri mi-chleasan.
DODGER, *s.* Cleasaiche, fear mi-chleasach.
DODMAN, *s.* Seòrsa faoich.
DOE, *s.* Agh féidh, earb, eilid, maoisleach.
DOER, *s.* Fear-dèanaimh, fear-gnothaich.
DOFF, *v. a.* Cuir dhiot.
DOG, *s.* 1. A domestic animal: cù, madadh. 2. a constellation called Sirius: reul a' choin. 3. a reproachful name for a man: cù, madadh. 4. go to *the dogs:* rach am mugha. 5. sick as *a dog:* cho tinn ri cù.
DOG, *v. a.* Lorgaich, lean, sròinich.
DOG-FIGHT, *s.* Cath, no, sabaid chon.
DOG-FISHER, *s.* Mac-làmhaich.
DOG-KEEPER, *s.* Gille-chon.
DOGLATIN, *s.* Droch Laidionn.
DOG-MAD, *adj.* Air a' chuthach.
DOG-TEETH, *s.* Coin-chriche, cùlag.
DOG-TRICK, *s.* Cleas mosach.
DOGBERRY-TREE, *s.* Coin-bhile.
DOGBOLT, *s.* Garbhan.
DOGBRIAR, *s.* Preas nan àirneag, coin-dris.
DOGCHEAP, *adj.* Saor mar bhiadh chon.
DOGDAYS, *s.* An t-iuchar.
DOGE, *s.* Uachdaran Bhenis.
DOGFISH, *s.* Biorach.
DOGFLY, *s.* Coinnspeach.
DOGGED, *adj.* Madrach, gnù, breun, iargalt, coimheach.
DOGGEDLY, *adv.* See Dogged.
DOGGEDNESS, *s.* Iargaltas, coimheachas, gruamachd.
DOGGEREL, *s.* Bàrdachd shuarach.
DOGGISH, *adj.* Madrach, an-iochdmhor.
DOGHEARTED, *adj.* Cruaidh-chridheach, neo-thruacanta.
DOGHOLE, *s.* Fail chon, fàrdoch shalach.
DOGKENNEL, *s.* Fail chon, tigh-chon.
DOGLEECH, *s.* Léigh chon.
DOGLOUSE, *s.* Deargan chon.
DOGMA, *s.* Barail shuidhichte, teagasg gnàthaichte.
DOGMATIC, DOGMATICAL, *adj.* Ùghdarrach, ceannsalach, féin-bharalach, danarra, dearrasach.
DOGMATICALLY, *adv.* See Dogmatical.
DOGMATICALNESS, *s.* Ùghdarrachd, ceannsalachd.
DOGMATISM, *s.* Danarrachd, dearras.
DOGMATIST, *s.* Fear-danarra, fear teann 'n a bharail féin.
DOGMATIZE, *v. n.* Spàrr do bharail féin air, bi féinbharalach.
DOGROSE, *s.* Blath na coin-dris.
DOGSICK, *adj.* Ro thinn, cho tinn ri cù.
DOGSLEEP, *s.* Codal dhùisleannan.
DOGSMEAT, *s.* Fòtus, fuigheal, spruilleach.
DOGSTAR, *s.* Reul an iùchair.
DOGSTOOTH, *s.* Lus-teanga-choin.
DOGTROT, *s.* Luath-cheum.
DOGWEARY, *s.* Ro-sgìth, cho sgìth ri cù.
DOINGS, *s.* Dèanadais, gnìomharan, gnàths.
DOLE, *s.* 1. The act of distribution, or dealing: compàirteachadh, comh-roinn. 2. any thing dealt out, or distributed: tiodhlac, cuid, pàirt. 3. provisions, or money distributed in charity: déirc. 4. blows dealt out: spuacan, coilleagan.
DOLE, *v. a.* Builich, compàirtich, riaraich, roinn.
DOLELUL, *adj.* 1. Sorrowful, dismal, querulous: brònach, dubhach, tuirseach, gearanach. 2. melancholy, afflicted: dubhach, tuirseach, doilghiosach. 3. dismal, impressing sorrow: déistinneach, aonaranach, cianail, tiamhaidh.
DOLEFULLY, *adv.* See Doleful.
DOLEFULNESS, *s.* Bròn, iomadan, gearanachd, aonaranachd.
DOLESOME, *adj.* See Doleful.
DOLESOMELY, *adv.* See Dolesome.
DOLESOMENESS, *s.* See Dolefulness.
DOLL, *s.* Leanabh-liùdhaig, gilleagan.
DOLLAR, *s.* Bonn cheithir tasdan is shè sgillinn.
DOLORIFEROUS, DOLORIFIC, *adj.* Doilghiosach, trioblaideach, àmhgharach.

Dolorous, *adj.* 1. Sorrowful, doleful, dismal, gloomy: muladach, brònach, tiamhuidh, cianail. 2. painful: cràiteach, goirt, piantail, doilghiosach, ùmhgharach.

Dolorously, *adv.* See Dolorous.

Dolour, *s.* 1. Grief, sorrow: bròn, doilghios, tuirse. 2. lamentation, complaint: bròn, cumha, tuireadh, gearan. 3. pain, pang: cràdh, dòghruinn, pian.

Dolphin, *s.* Leumadair.

Dolt, *s.* Buarraidh, umpaidh, pleòisg, guraiceach, tàmhanach.

Doltish, *adj.* Pleòisgeach, guraiceil, trom-cheannach, umpadail.

Doltishness, *s.* Pleòisgealachd, umpadalachd, tàmhanachd.

Domain, *s.* 1. Dominion, empire: uachdranachd, rìoghachd. 2. possession, estate: seilbh, fearann saor. 3. the land about a mansion-house occupied by the lord: baile 'n tighearna.

Dome, *s.* 1. A building, a house: aitreabh, tigh, aros, teach. 2. a cupola: crom-thogail.

Domestic, } *adj.* 1. Belonging to the house:
Domestical, } àrosach, a bhuineas do 'n tigh. 2. private, done at home: dìomhair, uaigneach. 3. inhabiting the house, not wild: neo-allamharach, soirbh, callaichte. 4. not foreign, intestine: neo-choigreachail.

Domestic, *s.* Fear còmhnuidh 's an teaghlach.

Domestically, *adv.* See Domestical.

Domesticate, *v. a.* Cum aig an tigh, callaich.

Domicile, *s.* Dachaidh, àros, fàrdoch, tigh.

Domiciliary, *adj.* Àrosach, a' dol a stigh do thighearn.

Domify, *v. a.* Callaich, dean soirbh.

Dominate, *v. a.* Riaghail, ceannsaich, cum fuidh smachd.

Domination, *s.* 1. Power, dominion: cumhachd, uachdranachd. 2. tyranny: aintighearnas, ceannsalachd, cruaidh smachd, àrd-cheannas. 3. one highly exalted in power: fear cumhachdach.

Dominative, *adj.* 1. Imperious, insolent: smachdail, ceannsalach. 2. presiding, governing: ùghdarrach, a' riaghladh.

Dominator, *s.* Fear-riaghlaidh, àrd-uachdaran.

Domineer, *v. a.* et *n.* 1. Govern: riaghail. 2. rule with insolence, swell, bluster: sàruich, dean fòirneart, bi aintighearnail.

Dominical, *adj.* 1. Noting the Lord's day or Sunday: sàbaideach. 2. noting the prayer of our Lord Christ: a bhuineas do 'n phaidir.

Dominical, *s.* Dòmhnach, di-dòmhnaich, sàbaid.

Dominion, *s.* 1. Sovereign authority: uachdranachd, àrd-cheannas. 2. power, right of possession or use without being accountable: uachdranachd, cumhachd, còir-sheilbh ùghdarras. 3. territory, region: uachdranachd, iompaireachd, rìoghachd. 4. predominance: uachdranachd, làmh an uachdar. 5. an order of angels: uachdranachd.

Don, *s.* Duin' uasal Spàinteach.

Donary, *s.* Tiodhlac coisrigte.

Donation, *s.* Tabhartas, tiodhlac, gean-maith.

Donative, *s.* Tiodhlac, tabhartas, déirc.

Done, *part.* Dèanta.

Donee, *s.* Fear-gabhail tiodhlaic.

Donjon, *s.* Prìosan, carcair.

Donor, *s.* Tabhairteach, tiodhlaiceach.

Doodle, *s.* Lunndair, leisgean.

Doom, *v. a.* 1. Judge: thoir a mach binn, dìt, thoir breth air. 2. condemn to any punishment, sentence: dìt. 3. command judicially or authoritatively: òrduich, àithn. 4. destine, command by uncontrolable authority: òrduich, sònraich, rùnaich.

Doom, *s.* 1. Judicial sentence, judgment: breitheanas, binn. 2. the great and final judgment: breth, breitheanas. 3. condemnation, judicial sentence: binn, dìteadh. 4. determination declared: òrduchadh, àithn. 5. the state to which one is destined: òrdochadh, crannchur, dàn. 6. ruin, destruction: milleadh, sgrios. 7. discrimination, discernment: breithneachadh.

Doomsday, *s.* Latha bhreitheanais.

Doomsday-book, *s.* Leabhar dubh.

Doomful, *adj.* Sgriosach, millteach.

Door, *s.* 1. The gate of a house, that which opens to yield entrance: còmhla, dorus, doras, geata. 2. (in familiar language), a house: tigh. 3. entrance, portal: for-dhorus. 5. out of *doors:* air falbh. 6. *at the door of any one*, imputable: aig an dorus. 7. *next door to:* an ath-dhorus.

Doorcase, } *s.* Ursainn.
Dooring, }

Doorkeeper, *s.* Dorsair.

Doorpost, *s.* Ursainn.

Doorstead, *s.* Stairsneach.

Doquet, *s.* Barantas.

Dormancy, *s.* Tàmhachd, codaltachd, cadaltachd.

Dormant, *adj.* 1. Sleeping: codalach, codaltach. 2. in a sleeping posture: 'n a chadal, codalach. 3. private, not public: dìomhair, os ìosal. 4. concealed, not divulged: dìomhair, foluichte. 5. leaning, not perpendicular: claon, fiar.

Dormitive, *s.* Deoch codail.

Dormitory, *s.* 1. A place to sleep in: àite codail, seòmar codail. 2. a burial place: cladh, ionad na suain-shìor.

Dormouse, *s.* Dallag.

Dorn, *s.* Dronnag, seòrs' éisg.

Dornick, *s.* Anart bùird garbh.

Dorr, *v. a.* Bodhair, cum gaoir 'n a chluasan.

Dorreas, *s.* See Drone.

Dorsal, *adj.* A bhuineas do 'n druim, dronnagach.

Dorsel, } *s.* See Dosser.
Dorser, }

Dorsum, *s.* Leacainn, taobh beinne.

Dorture, *s.* See dormitory, Sense 1.

Dose, *s.* 1. So much of any medicine as is taken at one time: tomhas cungaidh leighis. 2. any thing nauseous: balgum searbh. 3. as much of any thing as falls to a man's lot: cuibhrionn. 4. quantity: tomhas. 4. the utmost quantity of strong liquor that a man can swallow: sgailc, làn bronn.

Dose, *v. a.* Thoir tomhas cungaidh leighis.

Dosser. *s.* Cliabh.
Dossil, *s.* Caiteas, dos.
Dot, *s.* Punc, pong, dùradan.
Dot, *v. a.* et *n.* 1. Mark with spots: comharraich le puncan, cuir ballan air. 2. make dots or spots: dean puncan.
Dotage, *s.* 1. Loss of understanding, imbecility of mind: breitheal, breisleach, leanabas shean aois. 2. excessive fondness: gaol mi-reusanta.
Dotard, *s.* Fear ath-aois òige, neo-dhuine.
Dotardly, *adv.* Mar fhear ath-aois òige, mar neo-dhuine.
Dotation, *s.* Tochradh.
Dote, *v. n.* 1. Have the intellect impaired by age or passion: bi 'n a d' bhreitheal, bi 'n a d' bhreislich. 2. be in love to extremity: bi an trom-ghaol. 3. dote *upon:* beachdaich air le gràdh.
Doter, *s.* 1. A dotard. See Dotard. 2. a man excessively in love: fear an trom-ghaol.
Dotingly, *adv.* Gu deothasach.
Dotterel, *s.* An t-amadan mòintich.
Double, *adj.* 1. Two of a sort: dùbailte, dà-fhillte, dithis, 2. twice as much: a dhà uibhir. 3. having one added to another: dùbailte. 4. two-fold, of two kinds: dùbailte, dà-fhillte, de dhà sheòrsa. 5. two in number: dithis, dhà. 6. deceitful, acting two parts: dùbailte, carach.
Double, *adv.* A dhà uibhir.
Double, *v. a.* et *n.* 1. Enlarge any quantity by addition of the same quantity: dùblaich, dùbail, cuir dà fhillte. 2. contain twice the quantity: dùbail, dean uibhir eile. 3. repeat, add: dùbail, cuir ri. 4. add one to another in the same order or parallel: dùblaich, dùbail. 5. fold: dùblaich, dùbail, fill. 6. pass round a head-land: dùblaich, fuar. 7. increase to twice the quantity: bi dùbailte, fàs uibhir eile. 8. enlarge the stake to twice the sum in play: cuir dùbladh. 9. play tricks: bi carach.
Double, *s.* 1. Twice the quantity or number: dùbladh, dùblachadh, uibhir eile. 2. strong beer: leann làidir. 3. a turn used to escape pursuit, a trick, a shift: car, cleas. 4. resemblance: lethbhreac.
Double-dealer, *s.* Slaoigthear, fear leam-leat, cealgair.
Double-dealing, *s.* Mealltaireachd, gabhail dà-làimhe.
Double-die, *v. a.* Dath a rìs.
Double-edged, *adj.* Dà-fhaobharach.
Double entendre, *s.* Focal dà-sheadh.
Double-faced, *adj.* Mealltach, carach.
Double-handed, *adj.* Dà-làmhach.
Double-hearted, *adj.* Sligheach, cuilbheartach.
Double-meaning, *adj.* Aig am bheil dà sheadh.
Double-minded, *adj.* Aig am bheil inntinn dhùbailte, mealltach, sligheach.
Double-plea, *s.* Leisgeul dùbailte.
Double-tongued, *adj.* Mìn-bhriathrach.
Doubleness, *s.* Dùbailteachd.
Doubler, *s.* Fear-dùblachaidh.
Doublet, *s.* 1. The waistcoat: peiteag. 2. two, a pair: dithis, càraid.
Doubly, *adv.* See Double, *adj.*
Doubt, *v. a.* et *n.* 1. Hold questionable: cuir an teagamh. 2. think in danger: cuir an teagamh, cuir an amharus. 3. fear, suspect: cuir an teagamh, cuir an amharus. 4. distrust, hold suspected: cuir an teagamh, na h-earb as, cuir an umhail. 6. question, lie in uncertainty: bi an teagamh, bi an amharus, bi an ioma-chomhairle. 7. question any event, fearing the worst: bi an teagamh, gabh umhail. 8. fear, be apprehensive of ill: bi an amharus, gabh eagal. 9. suspect, have suspicion: bi an amharus, bi an umhail. 10. hesitate, be in suspense: bi an ioma-chomhairle, bi agail, bi an imcheist.
Doubt, *s.* 1. Uncertainty of mind, suspense: teagamh, ioma-chomhairle, imcheist. 2. question: teagamh, ceist. 3. scruple, perplexity: teagamh, amharus, ioma-chomhairle. 4. uncertainty of condition: amharus, teagamh, neo-chinnteachd. 5. suspicion, apprehension of ill: teagamh, ag, amharus, an-amharus, an-earbsa. 6. difficulty objected: ceist. 7. dread, horror: sgàth, fiamh.
Doubter, *s.* Fear-cur an teagamh.
Doubtful, *adj.* 1. Dubious, not settled in question: teagamhach, mi-chinnteach. 2. ambiguous, not clear in his meaning: neo-shoilleir. 3. hazardous, of uncertain event: teagamhach, teagmhaiseach, air thuiteamas. 4. not secure, not without suspicion: amharusach, agail, teagamhach, an-earbsach. 6. not confident, not without fear: teagamhach, amharusach, agail, an-earbsach, sgàthach. 6. partaking different qualities: iol-ghnèitheach.
Doubtfully, *adv.* See Doubtful.
Doubtfulness, *s.* 1. Dubiousness: teagamh, mi-chinnteachd. 2. ambiguity: doilleireachd. 3. hazard, uncertainty of event or condition: tuiteamas.
Doubting, *s.* Amharus, amharusachadh.
Doubtingly, *adv.* Gu teagamhach, gu h-amharusach, gu h-agail.
Doubtless, *adj.* Cinnteach, gun teagamh, gun amharus.
Doubtless, *adv.* Gu cinnteach, gun teagamh, gun ag, gun cheist.
Doucker, *s.* Dubh-shnàmhaiche.
Dove, *s.* Columan, colman, colum, calman.
Dove-cot, Dove-house, *s.* Calm-lann, tigh-choluman.
Dove-like, *adj.* Mar choluman.
Dove-tail, *s.* Fiaclachadh saorsainneachd.
Dove-tailed, *s.* Eagaichte, fiaclaichte.
Dough, *s.* Taois.
Dough-baked, *adj.* Bog, tais, neo-bhruich.
Dough-kneaded, *adj.* Tais mar thaois.
Doughtiness, *s.* Gaisgeachd, cuantachd, smioralachd.
Doughty, *adj.* Gaisgeil, euchdail, cuanta, flathail, calma, curanta, foghainteach, smiorail.
Doughy, *adj.* Taoiseach.
Douse, *v. n.* Tum, thoir leagadh do.

Dowager, *s.* Bantrach, bhan-tighearna, bean-chomh-arba.
Dowdy, *s.* Sgumrag, sgleòid.
Dowdy, *adj.* Sgumragach, sgleòideach, slaopach, ròbach.
Dower, Dowery, *s.* 1. That which the wife bringeth to her husband in marriage: tochar, tochradh. 2. that which the widow possesses: dubharaidh, cuibhrionn bantraich. 3. the gifts of a husband for a wife: dubharaidh, tiodhlac. 4. endowment, gift: tiodhlac.
Dowered, *adj.* Air a tochradh.
Dowerless, *adj.* Gun tochradh, gun dubharaidh.
Dowlas, *s.* Anart asgairt.
Down, *s.* 1. Soft feathers: cleit, cleitean, clòimheach, clòimh-ghargach. 2. any thing that soothes or mollifies: fear-toirt fois. 3. soft wool, or tender hair: mìn-chlòimh, mìn-fhalt. 4. a large open plain: raon, magh, còmhnard.
Down, *adj.* 1. Downright, plain: dìreach, as an aodann. 2. dejected: airtnealach, fuidh sprochd.
Down, *prep.* Sìos, le, leis, le bruthach, le leathad.
Down, *adv.* 1. On the ground; from the height at which any thing was to a lower situation: sìos, air làr. 2. tending downwards to the ground: sìos. 3. from former to latter times: a ǹuas. 4. out of sight, below the horizon: air luidhe, as an t-sealladh. 5. to a total subjection: sìos. 6. into disgrace: sìos. 7. down iu *the mouth:* airtnealach, neo-shunndach.
Down, *interj.* Sìos.
Down, *v.a.* Cuir sìos, cìosnaich, ceannsaich, cuir fuidhe.
Down-bed, *s.* Leab'-iteag.
Downcast, *adj.* Airtnealach, trom, dubhach, smuaireanach.
Downed, *adj.* Clòimheach, cleiteach.
Downfal, *s,* 1. Ruin, calamity, fall from rank, or state: tuiteam, leagadh, ìsleachadh. 2. a sudden fall: grad-leagadh. 3. destruction of fabrics: tuiteam, leagadh gu làr.
Downfallen, *adj.* Leagtà, sgriosta, millte, air tuiteam sìos.
Downhill, *s.* Leacainn, leathad.
Downhilll, *adj.* Mi-chorrach.
Downright, *adj.* 1. Plain, open: soilleir, fosgailte, saor, dìreach. 2. directly, tending to the point, artless: dìreach, calg-dhìreach, neo-chealgach, treibhdhireach. 3. unceremonious: dìreach, saor. 4. plain, without palliation: folluiseach, soilleir, as an aodann.
Downright, *adj.* 1. Straight, or right: calg-dhìreach. 2. in plain terms, without ceremony: calg-dhìreach, as an aodann. 3. completely, without stopping short: gu buileach, gun stad.
Downsitting, *s.* Suidhe sìos.
Downtrodden, *adj.* Saltraichte.
Downward, Downwards, *adv.* Sìos, a bhàn, le bruthach, a ǹuas.
Downward, *adj.* 1. Moving on a declivity: a' dol le bruthach, a' tèarnadh. 2. declivous, bending: aomachdail, a' cromadh. 3. depressed, dejected: smuaireanach.
Downy, *adj.* 1. Covered with down, or made of down: clòimheach, clùmhach, cleiteach. 2. soft, tender, soothing: bog, maoth, caomh.
Dowst, *s.* Pailleart.
Doxology, *s.* Dòigh molaidh Dhé.
Doxy, *s.* Strìopach, siùrsach, aigeannach.
Dose, *v. a.* et *n.* 1. Stupify, dull: dean trom, dean codalach. 2. slumber, sleep lightly: dean dùsal codail, bi 'ǹ a d' chlò-codail.
Dozen, *s.* Dusan, a dhà dheug.
Dozing, *s.* Dùsal codail, lunndaireachd.
Dozy, *adj.* Codalach, codaltach.
Drab, *s.* 1. A whore: siùrsach, strìopach, stràbaid. 2. a slut: mosag, grodag, caile bhreun, dràbag.
Drabbing, *s.* Siùrsachd.
Drachm, *s.* 1. An old Greek coin: sean chùinneadh Greugach. 2. the eighth part of an ounce: an t-ochdamh cuid de 'n unnsa.
Draff, *s.* Treasg, cnàmhag, dèasgadh, dèasgann, dràbhag.
Draffish, Draffy, *adj.* Dràbhagach.
Drag, *v. a.* et *n.* 1. Draw heavily along: slaod, tarrruing. 2. draw contemptuously along as a thing unworthy to be carried: slaod. 3. pull about with violence and ignominy: tarruing, slaod, spìon. 4. hang so low as to trail upon the ground: bi 'ǹ a d' shlaod.
Drag, *s.* 1. A net drawn along the bottom of the water: lìon-tarruing, tarruing. 2. an instrument with hooks to catch hold of things under water: greimiche. 3. a kind of car drawn by the hand: slaod, càrn.
Draggle, *v. a.* et *n.* 1. Make dirty by dragging on the ground: luidir, salaich, slaod troimh 'n pholl. 2. grow dirty by being drawn along the ground: bi labanach, bi salach le poll, bi drabhasach.
Dragnet, *s.* Tarruing, lìon-tarruing, lìon-sgrìobaidh.
Dragon, *s.* 1. A kind of winged serpent: dràgon, nathair-sgiathach. 2. a fierce, violent man, or woman: duine borb, fear nimheil.
Dragonet, *s.* Dragon beag.
Dragon fly, *s.* Tarbh-nathrach.
Dragonlike, *adj.* Fiadhaich, borb, nimheil.
Dragoon, *s.* Saighdear eachraidh.
Dragoon, *v. a.* Thoir thairis do mhèinn an airm.
Drail, *v. a.* et *n.* See Draggle.
Drain, *v. a.* 1. Draw off gradually: traogh, tarruing, tiormaich. 2. make quite dry: tiormaich.
Drain, *s.* Guitear, clais.
Drake, *s.* Ràc, tunnag fhirionn.
Dram, *s.* 1. In weight the eighth part of an ounce: dram, aǹ t-ochdamh cuid de 'n unnsa. 2. such a quantity of distilled spirits as is usually drank at once: dràm. 3. spirits, distilled liquors: dràm.
Dram, *v. n.* Òl dràm.
Dram-drinker, *s.* Fear teòma air an drùdhaig.
Drama, *s.* Cluich, dàn-chluiche.
Dramatic, Dramatical, *adj.* Cluicheach, a bhuineas do dhàn-chluich.
Dramatically, *adv.* See Dramatic.

Dramatist, *s.* Bàrd-chluich.
Drape, *v. n.* Dean clòdh.
Draper, *s.* Ceannaiche aodaich, fear-reic aodaich.
Drapery, *s.* 1. Clothwork: obair-aodaich, fighead-daireachd aodaich. 2. cloth, stuffs of wool: aodach. 3. the dress of a picture or statue: deise dealbh neach.
Draught, *s.* 1. The act of drinking: tarruing, srùbadh, deoch. 2. a quantity of liquor drank at once: deoch. 3. liquor drank for pleasure: dibh. 4. the act of drawing, or pulling carriages: tarr-uing, dragadh. 5. representation by picture, or the picture itself: tarruing. 6. the act of sweeping with a net: tarruing. 7. the quantity of fishes taken by once drawing the net: tarruing. 8. a sink, a drain: slochd salchair. 9. the depth which a vessel draws, or sinks into the water: tarruing, doimhneachd.
Draught, *v. a.* Tarruing a mach.
Draught-house, *s.* Tigh-salchair.
Draughtsman, *s.* Fear-tarruing.
Draw, *v. a.* et *n.* 1. Pull along, not carry: tarr-uing, dragh, slaod. 2. pull forcibly, pluck: tarruing, dragh, spìon, spìol. 3. raise out of a deep place: tarruing, dragh. 4. suck: tarruing, deoghail. 5. attract: tarruing, tàlaidh. 6. inhale: tarruing. 7. take from any thing containing, or holding: tarruing, thoir á. 8. pull a sword from the sheath: tarruing, thoir a mach. 9. let out any liquid: tarr-uing, thoir á. 10. unclose, or slide back curtains: tarruing. 11. close, or spread curtains: tarruing. 12. extract: tarruing á, deoghail. 13. procure as a cause, or produce as a cause: thoir mu 'n cuairt, tarruing air. 14. convey secretly, or gradually: tarruing. 15. protract, lengthen: sìn, dean fada. 16. derive: tarruing, faigh. 17. deduce as from postulates: tarruing o, comh-dhùin. 18. allure, entice: tarruing, tàlaidh, meall. 19. persuade to follow: cuir impidh air. 20. win, gain: coisinn, buannaich. 21. receive, take up: tarruing, tog. 22. extort: tarruing. 23. wrest, distort: mi-mhìnich, fiar. 24. compose, form in writing: tarruing a mach, sgrìobh. 25. leave a fight unfinished: tarruing air falbh. 26. trace by scent: sròinich, lorgaich. 27. represent by picture, or fancy: tarruing. 28. draw *in*, contract: crup, tarruing a stigh. 29. draw *in*, inveigle: cuir an ribeadh. 30. draw *off*: tarruing air falbh. 31. draw *on*: tarruing ort. 32. draw *over*: tarr-uing o, tarruing a nall. 33. draw *out*: tarruing a mach. 34. draw *up*: tarruing a suas. 35. perform the office of a beast of draught: tarruing, bi tarruing. 36. act as a weight: tarruing a bhàn. 37. contract, shrink: crup, comh-chrup. 38. advance, move: rach air aghart. 39. be collected, come together: trus, tionail. 40. draw a sword: tarruing. 41. take a card out of the pack, take a lot: tarruing. 42. draw *off*: teich, thoir thu féin as. 43. draw *on*: rach air aghart.
Draw. *s.* 1. The act of drawing: tarruing, dragh-adh, slaodadh. 2. the lot or chance drawn: crann-chur.
Drawbridge, *s.* Drochaid-thogalach, drochaid-tharruing.
Drawer, *s.* 1. One employed in procuring water from the well: fear-tarruing. 2. one whose business is to draw liquors from the cask: fearr-tarr-uing. 3. that which has the power of attraction, that which incites: fear-tarruing, leann-tàlaidh. 4. a box in a case: cisteag thàirngeach. 5. one who draws a bill of exchange: fear-tarruing bainn. 6. the lower part of a man's dress: fuidh bhrigis, drath ais.
Drawingroom, *s.* Seòmar-coinneachaidh.
Drawl, *v. a.* et *n.* 1. Consume in a driveling way: màirnealaich, dean seamsan. 2. utter any thing in a slow driveling way: bi draoluinneach, labhair gu slaodach.
Drawl, *s.* Draoluinn, ràsan.
Drawn, *part.* Tarruingte, air a tharruing
Drawwell, *s.* Tobar domhain.
Dray, Draycart, *s.* Càrn, cairt leanna.
Drayhorse, *s.* Each cartach.
Drayman, *s.* Cairtear.
Dread, *s.* 1. Fear, terror, affright: eagal, oillt, ogluidheachd, geilt, gealtachd fiamh. 2. habitual fear, awe: eagal, fiamh. 3. the person or thing feared: cùis-eagail, culaidh-eagail.
Dread, *adj.* 1. Terrible, frightful: eagalach oillt-eil, uamhasach. 2. awful, venerable in the highest degree: eagalach, uamhasach.
Dread, *v. a.* et *n.* 1. Fear in an excessive degree: oilltich, cuir eagal air. 2. be in fear: biodh eagal ort, criothnaich.
Dreader, *s.* Gealtair.
Dreadful, *adj.* 1. Terrible, frightful, formidable: eagalach, oillteil, uamharr, uamhasach. 2. awful, venerable: eagalach, uamhasach.
Dreadfulness, *s.* Uamharrachd, uamhasachd, oillt-ealachd.
Dreadfully, *adv.* See Dreadful.
Dreadless, *adj.* Neo-eagalach, neo-sgàthach, gun fhiamh, gun ghealtachd.
Dreadlessness, *s.* Neo-ghealtachd, misneachd.
Dream, *s.* 1. A phantom of sleep: aisling, bruad-ar. 2. an idle fancy, a wild conceit: breisleach, faoin-smuain.
Dream, *v. a.* et *n.* 1. See in a dream: bruadair, faic an aisling. 2. have the representation of something in a dream: bruadair, faic aisling, aislingich. 3. think, imagine: smuainich. 4. think idly: smuainich gu faoin.
Dreamer, *s.* Bruadaraiche, aislingiche.
Dreamless, *adj.* Saor o bhruadaraibh.
Drear, *adj.* See Dreary.
Drear, *s.* Eagal, geilt.
Drearily, *adv.* See Dreary.
Dreariness, *s.* Uamharrachd, uaigneachd, dubhachas.
Dreary, *adj.* 1. Sorrowful, distressful: muladach, brònach, tiamhaidh, neo-shuilbhir. 2. gloomy, dismal, horrid: aonaranach, tiamhaidh, dorcha, déistinneach.
Dredge, *s.* See Drag-nèt.
Dreggy, *adj.* Druaipeil, druapach, dràbhagach.

Dregs, *s.* 1. The sediments of liquor, the lees: druaip, dràbhag, dèasgann, grunnasg. 2. any thing by which purity is corrupted: salchar. 3. dross, sweepings, refuse: fòtus, fuigheall, sguabadh.

Drench, *v. a.* 1. Wash, soak, steep: nigh, fliuch, bogaich, taisich. 2. physic by violence: sgùr, purgaidich,

Drench, *s.* 1. A draught, a swill: deoch, làn-deoch. 2. violent physic: purgaid-sgùraidh. 3. a channel of water: clais.

Dress, *v. a.* et *n.* 1. Clothe, invest with clothes: sgeadaich, còmhdaich, eudaich. 2. clothe pompously or elegantly: sgeadaich gu loisceamach, breaghaich. 3. adorn, deck: sgeadaich, sgiamhaich, breaghaich, uidheamaich. 4. cover a wound with medicaments: càirich, ceartaich, ceangail a suas. 5. curry, rub: suath. 6. break a horse: ionnsaich. 7. rectify, adjust: ceartaich, càirich, cuir an òrdugh. 8. prepare for any purpose: uidheamaich, deasaich. 9. trim: cuir an òrdugh, deasaich. 10. prepare victuals for the table: gréidh. 11. pay particular regard to dress: sgeadaich, sgiamhaich, bi loisceamach.

Dress, *s.* 1. Clothes, garments, habit: aodach, earradh, sgeadachd, culaidh, uidheam. 2. splendid clothes: uidheam, deise bhreagha, riamhadh. 3. the skill of adjusting dress: riamhadh.

Dresser, *s.* 1. One employed in putting on the clothes of another: fear-sgeadachaidh. 2. one employed in trimming or adjusting any thing: fear-deasachaidh. 3. the bench in a kitchen on which meat is dressed for the table: corn-chlàr.

Dressing, *s.* 1. Attire, ornament: sgeadachadh breagha, riamhadh, còmhdach. 2. the application made to a sore: acfuinn-shuaite, plàsd. 3. manual labour upon ground: saothair, oibreachadh.

Dressing-room, *s.* Seòmar sgeadachaidh.

Drib, *v. a.* Geàrr, lom, sgud.

Drib, *s.* Boinne, braon.

Dribble, *v. a.* et *n.* 1. Throw down in drops: srid, sil, braon, fras. 2. fall in drops: sil, tuit 'n a d' bhoinnean. 3. proceed slowly: triall gu mall. 4. slaver: sil ronnan.

Dribbling, *s.* Boinnealaich, boinneadh.

Drier, *s.* Tiorman.

Drift, *s.* 1. Force, impellent, impulse: aomadh, claonadh, neart, miann. 2. violence, course: sraonadh, cùrsa. 3. any thing driven or borne along: gith. 4. a storm, a shower: fras, gith, cathadh. 5. a heap or stratum of any matter thrown together by the wind: cathadh, cuith. 6. tendency or aim of action: aomadh, claonadh, lùbadh. 8. scope of a discourse: cùrsa, aomadh, brìgh, ciall.

Drift, *v. a.* et *n.* 1. Drive, urge along: iomain, cuir le gaoth. 2. form into heaps: cuir 'n a chuithean.

Drift-way, *s.* Easar-chasain.

Drift-wind, *s.* Gaoth-chathaidh.

Drill, *v. a.* et *n.* 1. Pierce any thing with a drill: toll. 2. delay, put off: màirnealaich, cuir seachad o àm gu àm. 3. drain, draw slowly: tiormaich o uisge. 4. form to arms, teach the military exercise: teagaisg gleus-arm. 5. flow gently or slowly: sruth, dean torghan. 6. muster, assemble in order to exercise: comh-chruinnich.

Drill, *s.* 1. An instrument with which holes are bored: torn, gimleid. 2. an ape, a baboon: apa. 3. a small dribbling brook: caochan, alldan. 4. military exercise: teagasg airm.

Drink, *v. a.* et *n.* 1. Swallow, applied to liquors: òl. 2. suck up, absorb: òl, deoghail, srùb, sùgh. 3. take in by an inlet, hear, see: gabh a stigh, sùgh, deoghail. 4. act upon by drinking: òl. 5. make drunk: cuir air mhisg. 6. swallow liquors, quench thirst: òl, gabh deoch. 7. feast, be entertained with liquors: òl, dean òl. 8. drink to excess: gabh misg, òl gu h-anabarrach. 9. drink *to:* òl air.

Drink, *s.* Deoch, ibh.

Drinkable, *adj.* A ghabhas òl, so-òlaidh.

Drinker, *s.* 1. A drunkard: misgear, pòitear, 2. one that drinks any liquor, but not to excess: fear gabhail deoch.

Drinking, *s.* Òl, gabhail deoch.

Drinking-horn, *s.* Còrn.

Drink-money, *s.* Airgiod òil, lach.

Drip, *v. a.* et *n.* 1. Let fall in drops: sil, sruth, snidh. 2. fall in drops: sil, tuit 'na d' bhoinnean, tuit 'na d' dhriobaid. 3. have drops falling from it: bi boinnealaich, snidh.

Drip, *s.* 1. That which falls in drops: sileadh, braon, driobaid, snidheadh. 2. (in architecture), a large flat member of the cornice, the corona: leac-chòmhdaich bàrr-mhaise.

Dripping, *s.* Sileadh, snidheadh.

Dripping-pan, *s.* Aghann an t-silidh.

Drive, *v. a.* et *n.* 1. Produce motion in any thing by violence: greas, buail air aghart. 2. force along by impetuous pressure: pùc, buail air aghart. 3. expel by force from any place: iomain, fuadaich, saodaich, ruag. 4. chase, hunt: sealg, iomain. 5. guide and regulate a carriage: tarruing, stiùir. 6. make animals march along under guidance: iomain, saodaich. 7. clear any place by forcing away what is in it: glan, falmhaich. 8. force, compel: thoir air. 9. hurry on inconsiderately: greas. 10. distress: cuir an éigin. 11. urge, press to a conclusion: co-chuir. 12. carry on: cuir air aghart. 13. drive *out:* fògair. 13. go as impelled by any external agent: siubhail. 14. rush with violence: sraon. 15. tend to: cùm 'n a d' bheachd. 16. aim, or strike at with fury: buail air, bi toirt ionnsuidh.

Drive, *s.* Greis an carbad.

Drivel, *v. n.* 1. Slaver: ronnaich, bi sileadh ronn. 2. be weak or foolish, dote: bi an trom ghaol.

Drivel, *s.* Ronn, sgleog, seile, smugaid.

Driveller, *s.* 1. A slaverer: sgleogaire, ronnair, spliùgair. 2. a fool, an ideot: amadan, neo-dhuine.

Driven, *part.* Fògairte, fuadaichte, iomanaichte.

Driver, *s.* 1. The person or instrument who gives any motion by violence: fear-greasaidh. 2. one who drives beasts: iomanaiche. 3. one who drives a carriage: carbadair.

Driving, *s.* 1. The act of giving motion: siubhal. 2. tendency: aomadh, claonadh, cùrsa.

Drizzle, *v. a.* et *n.* 1. Shed in small slow drops: braon, sil. 2. fall in short slow drops: tuit 'na d' bhoinnean, bi boinnealaich, snidh.

Drizzle, *s.* 1. Small rain: ciùrach. 2. a slow drop: boinne taoig.

Drizzly, *adj.* Braonach, a' deanamh ciùraich.

Droil, *v. n.* See Plod.

Droll, *s.* 1. One whose business is to raise mirth by petty tricks: àmhuilteach, fear-àbhachd, cleasaiche. 2. a farce: baoth-chluich.

Droll, *v. a.* et *n.* 1. Cheat, trick: breug. 2. jest, play the buffoon: bi àmhuilteach.

Drollery, *s.* Àmhuiltean, cleasachd, àbhachd, fear-as-chuideachd.

Drollish, *adj.* Àmhuilteach, neònach, iongantach.

Dromedary, *s.* Dromadair, droman.

Drone, *s.* 1. The bee which makes no honey: seillean dìomhain. 2. a sluggard, an idler: leisgean, lunndair, rongair. 3. the hum, or instrument of humming: torman, dos.

Drone, *v. n.* 1. Live in idleness: bi lunndach. 2. give a heavy dull tone: bi tormanaich, dean dranndan.

Droning, *s.* Torman, dranndan, dranndànachd.

Dronish, *adj.* Lunndach, codalach, dìomhanach, rongach, slaodach.

Droop, *v. n.* 1. Languish with sorrow: meath, crion, searg, lùb, crom. 2. faint, grow weak, be dispirited: fannaich, sìolaidh air falbh, snàmh seachad, fàs lag, caith as. 3. sink, lean downwards: crom, lùb.

Emigrant, *s.* Fear-fuadain, fear-iomraill, fear-imrich.
Emigrate, *v. n.* Rach imrich gu tìr eile, fàg an dùthaich.
Eminence, Eminency, *s.* 1. Loftiness, height: àirde. 2. summit, highest part: mullach. 3. a part rising above the rest: éiridh. 4. exaltation, conspicuousness: àirde mòr-inbhe, meas, urram. 5. supreme degree: mòrachd, àrd onoir. 6. a title given to cardinals: mòrachd.
Eminent, *adj.* 1. High, lofty: àrd, mòr, urramach. 2. dignified, exalted: urramach, measail, ainmeil. 3. conspicuous, remarkable: sònruichte, comharraichte.
Eminently, *adv.* See Eminent.
Emissary, *s.* 1. One sent out on private messages, a spy: fear-brathaidh, teachdaire dìomhair. 2. one that emits, or sends out: fear-cur a mach.
Emission, *s.* Leigeadh a mach, leigeadh fo sgaoil.
Emit, *v. a.* 1. Send forth, let go: leig a mach, cuir uait. 2. let fly, dart: tilg, saighead.
Emmet, *s.* Seangan.
Emmew, *v. a.* Iom-dhruid, fangaich.
Emollient, *adj.* Tlàth, tlusail, sèimh, caomh, maoth.
Emollient, *s.* Iocshlaint thlusail.
Emolument, *s.* Buannachd, tairbhe.
Emolumental, *adj.* Buannachdail, tarbhach.
Emotion, *s.* Gluasad-inntinn, iomluasgadh.
Empale, *v. a.* 1. Fence with a pale: daingnich, cuir callaid mu. 2. fortify: daingnich, cuir callaid mu. 3. enclose, shut in: iomdhruid, dùin a stigh. 4. put to death by spitting on a stake fixed upright: torchuir, troimh-lot.
Empalement, *s.* Torchradh.
Empannel, *v. a.* Gairm luchd deuchainn gu cùirt.
Empark, *v. a.* Iomdhruid, dùin le callaid.
Empassion, *v. a.* Cuir fuidh bhuaireas.
Empeople, *v. a.* Cuir an comunn.
Emperess, *s.* Ban mhòr-righ, ban mhòr-fhlath.
Emperour, *s.* Mòr-righ, mòr-fhlath.
Emphasis, *s.* Neart a' ghutha, cudthrom.
Emphatic, Emphatical, *adj.* 1. Forcible, strong, striking: làidir, neartmhor. 2. striking the sight: làidir.
Empierce, *v. a.* Troimh-lot, torchuir, sàth, bior.
Empire, *s.* 1. Imperial power, supreme dominion: uachdranachd, mòr-chumhachd. 2. the region over which dominion is extended: mòr rìoghachd.
Empiric, *s.* Léigh gun eòlas.
Empiric, Empirical, *adj.* Deuchainneach, teagamhach, a' toirt dheuchainnean.
Empirically, *adv.* See Empirical.
Empiricism, *s.* See Quackery.
Emplaster, *v. a.* Cuir plàsd' air.
Emplastic, *adj.* Glaodhach, plàsdach, righinn.
Employ, *v. a.* 1. Busy, keep at work, exercise: thoir obair do, oibrich, gnàthaich. 2. use as an instrument: gnàthaich, cleachd. 3. commission: thoir comas do. 4. fill up with business: lìon le gnothaichean.
Employ, *s.* See Employment.
Employer, *s.* Fear toirt oibre.
Employment, *s.* 1. Business, object of industry: gnothach, obair. 2. business, the state of being employed: dèanamh. 3. office, post of business: dreuchd, cèaird. 4. business intrusted: gnothach.
Empoison, *v. a.* See Poison, *v. a.*
Empoisoner, *s.* Fear-puinsionachaidh.
Empoisonment, *s.* Puinsionachadh.
Emporium, *s.* Baile-margaidh, margadh.

Empoverish, *v. a.* Dean bochd, dean ainnis, thoir gu aimbeart.

Empoverisher, *s.* Fear-deanaimh bochd.

Empoverishment, *s.* Aimbeart, bochduinn.

Empower, *v. a.* 1. Authorize, commission: thoir comas, thoir ùghdarras, thoir barantas. 2. give natural force, enable: dean comasach, thoir comas.

Empress, *s.* Ban mhòr-righ, ban-righ.

Emptier, *s.* Fear-deanaimh falamh.

Emptiness, *s.* 1. Absence of plenitude: falaimhead. 2. a void space: àite falamh. 3. want of substance, or solidity: falaimhead. 4. unsatisfactoriness: falaimhead. 5. vacuity of head, want of knowledge: falaimhead, aineolas.

Empty, *adj.* 1. Void, having nothing in it: falamh. 2. evacuated, no longer full: falamh, fàs, faoin. 3. devoid, unfurnished: falamh, easbhuidheach. 4. unsatisfactory, unable to fill the mind or desires: falamh, neo-choimhlionta. 5. hungry: ocrach. 6. vacant of head, ignorant: aineolach. 7. unfruitful, barren: neo-thorrach, seasg. 8. wanting substance, vain: faoin, gun bhrìgh.

Empty, *v. a.* et *n.* 1. Evacuate, exhaust: falmhaich tràigh. 2. become empty: fàs falamh, tràigh.

Empurple, *v. a.* Dath dearg.

Empuzzle, *v. a.* Cuir an imcheist, cuir am breathal.

Empyreal, *adj.* Nèamhaidh, adharail.

Empyrean, *s.* Flaitheanas, na nèamhan a 's àirde.

Empyreum, Empyreuma, } *s.* Bràth-losgadh.

Empyrosis, *s.* Comh-losgadh.

Emulate, *v. a.* 1. Rival: dean comh-fharpuis, dean comh-strì, dean strì. 2. be equal to, rise in equality with: dean comh-fharpuis, dean comhortas. 3. imitate, copy, resemble: lean cleachdadh neach.

Emulation, *s.* 1. Rivalry, desire of superiority: comh-fharpuis, comh-ortas, strì, spàirn comhdheuchainn. 2. envy, desire of depressing another: comh-fharpuis, farmad, eud, comh-stri.

Emulative, *adj.* Comh-fharpuiseach, eudmhor.

Emulator, *s.* Comhlannach fear comh-stri.

Emulge, *v. a.* Bleagh, leig.

Emulgent, *adj.* A' bleoghan.

Emulous, *adj.* 1. Rivalling, engaged in competition: comh-fharpuiseach, eudmhor. 2. factious, contentious: comh-stritheach, comh-fharpuiseach.

Emulously, *adv.* See Emulous.

Emuscation, *s.* Glanadh o mhòinteach.

Enable, *v. a.* Dean comasach, thoir comas, neartaich.

Enact, *v. a.* Daingnich, òrduich, comh-shuidhich, àithn, reachdaich.

Enact. *s.* Rùn, reachd, òrdugh.

Enactor, *s.* Reachadair.

Enamel, *v. a.* et *n.* 1. Inlay, variegate with colours: dealtraich, tarruing dealbh an. 2. practise the use of enamel: bi dealtradh.

Enamour, *v. a.* Gràdhaich, cuir an gaol.

Enarration, *s.* See Explanation.

Enatation, *s.* Snàmh.

Encage, *v. a.* Cuir an cuing, cròidh.

Encamp, *v. a.* et *n.* 1. Form an army into a regular camp: campaich. 2. pitch tents: campaich.

Encamping, *s.* Campachadh, leagail campa.

Encampment, *s.* 1. The act of encamping, or pitching camps: campachadh. 2. a camp: camp, campa.

Encase, *v. a.* Dùin am bocsa.

Encave, *v. a.* Foluich an uamhaibh.

Enchafe, *v. a.* Feargaich, eargnaich, brosnuich.

Enchain, *v. a.* 1. Fasten with a chain: ceangail air slabhraidh. 2. link together, concatenate: comh-chuibhrich.

Enchant, *v. a.* 1. Give efficacy to any thing by songs, or sorcery: cuir fuidh gheasaibh, cuir buitseachd air. 2. delight in a high degree: dean ro-shòlasach.

Enchanter, *s.* Geasadair, druidh, buitseach.

Enchantingly, *adv.* Le cumhachd druidheachd.

Enchantment, *s.* 1. Magical charms: geasadaireachd, druidheachd, buitseachd. 2. irresistible influence, overpowering delight: àrd-shòlas, mòraoibhneas.

Enchantress, *s.* 1. A sorceress: buitseach, banfhiosaich. 2. a woman whose beauty, or excellencies give irresistible influence: té mheallaidh gràidh, maise mnà.

Enchase, *v. a.* 1. Infit: dùin mu 'n cuairt, ceangail a stigh. 2. engrave: grabhal.

Encircle, *v. a.* Cuairtich, iomdhruid.

Encirclet, *s.* Cuairt, fàinne.

Encloister, *v. a.* Dùin an tigh chailleacha dubha.

Enclose, *v. a.* 1. Part from things, or grounds common, by a fence: dùin. 2. environ, encircle, surround: dùin, cuairtich, iomdhruid.

Encloser, *s.* Fear-iomdhruididh.

Enclosure, *s.* 1. The act of enclosing, or environing any thing: dùnadh, iathadh mu, cuartachadh, iomdhruideadh. 3. space enclosed: dùnadh, lann.

Encomiast, *s.* Fear molaidh.

Encomiastic, Encomiastical, } *adj.* Moltach.

Encomium, *s.* Moladh, cliù.

Encompass, *v. a.* 1. Enclose, encircle: dùin, iomdhruid. 2. shut in, surround, environ: dùin, iomdhruid, cuir an lann. 3. go round any place: cuairtich, iadh mu.

Encompassment, *s.* Cuartachadh, dol mu 'n cuairt, iadhadh.

Encore, *adv.* A rìs, uair eile.

Encounter, *s.* 1. Duel, single fight, conflict: còmhlan comhrag-deise, còmhrag. 2. battle, fight in which enemies rush against each other: cath, còmhrag. 3. eager and warm conversation either of love, or anger: dian chòmhradh. 4. accidental congress: coinneamh, còdhail. 5. accosting, transient, or unexpected address: tachairt, coinneamh.

Encounter, *v. a.* et *n.* 1. Meet face to face, front: coinnich, cuir aghaidh ri aghaidh. 2. meet in a hostile manner, rush against in conflict: buail air còmhrag, tachair air, cuir aghaidh ri aghaidh. 3. meet with reciprocal kindness: tachair, thoir coinneamh do, coinnich. 4. oppose, oppugn: cuir an

aghaidh. 5. meet by accident: tachair. 6. rush together in a hostile manner, conflict: cog, bi cath, tachair an cath. 7. meet face to face: coinnich.

Encounterer, *s.* Comhlannach, nàmhaid.

Encourage, *v. a.* 1. Animate, incite to any thing: misnich, brosnaich, beothaich. 2. give courage to, support, embolden: thoir misneach do, cuir misneach ann.

Encouragement, *s.* 1. Incitement to any action, or practice, incentive: misneach, brosnachadh. 2. favour, countenance, support: misneach, fàbhar, còmhnadh, taobh.

Encourager, *s.* Fear-misneachaidh.

Encripsed, *adj.* Camagach, dualach, fainneach.

Encroach, *v. a.* et *n.* 1. Make invasions upon the right of another: thig air a chrìch, iomghabh. 2. advance gradually and by stealth upon that to which one has no right: thig thar a crìch gun fhios. 3. pass bounds: rach thar a crìch.

Encroacher, *s.* Fear gabhail gu mi-laghail, fear leamh.

Encroachment, *s.* Gabhaltas, iomghabhail.

Encumber, *v. a.* 1. Clog, load, impede: luchdaich, grab, cuir trom air. 2. entangle, embarrass, obstruct: grab, bac, amail, cuir éir' air.

Encumbrance, *s.* 1. Clog, load, impediment: cudthrom, trom, uallach, eallach, éire, amladh, grabadh. 2. excrescence, useless addition: uallach, eallach.

Encyclopedia, } *s.* Uile-fhoghlum, eòlas gach ni.
Encyclopedy, }

Encyclopedist, *s.* Fear-cruinneachaidh leabhraichean uile-fhoghlum.

Encysted, *adj.* Ann am balg.

End, *s.* 1. Extremity, or last part in general: deireadh, crìoch, finid. 2. the last particle of any assignable duration: crìoch, deireadh. 3. the conclusion, or last part of any thing: deireadh, crìoch, ceann. 4. final determination, conclusion of debate, or deliberation: deireadh, comh-dhùnadh. 5. death, decease: crìoch, bàs. 6. cessation, period: deireadh, crìoch. 7. abolition, total loss: crìoch, tilgeadh bun os ceann. 8. consequence, conclusive event: crìoch, deireadh, comh-dhùnadh.

End, *v. a.* et *n.* 1. Terminate, conclude, finish: crìochnaich, cuir crìoch air, thoir gu crìch. 2. destroy, put to death: crìochnaich, marbh. 3. come to an end, be finished: thig gu crìch. 4. die: crìochnaich, bàsaich. 5. terminate, conclude: crìochnaich, comh-dhùin. 6. cease, fail: sguir.

Endamage, *v. a.* Dochainn, mill, ciùrr.

Endamaging, *s.* Call, milleadh, dolaidh, dochann ciùrradh.

Endanger, *v. a.* Cunnartaich, cuir an cunnart, cuir am baoghal.

Endangerment, *s.* Cunnart, baoghal.

Endear, *v. a.* 1. Make dear, make beloved: tataidh, tàlaidh, tarruing spèis, dean gràdhach. 2. make dear, raise the price of any thing: àrdaich an luach, daoraich.

Endearment, *s.* 1. The cause of love, means by which any thing is endeared: ionmhuinneachd, gràdhmhorachd, fàth gaoil, beadradh. 2. the state of being endeared: ionmhuinneachd, gràdhmhorachd.

Endeavour, *s.* Oidhirp, deuchainn, dìchioll, ionnsuidh, saothair.

Endeavour, *v. a.* et *n.* 1. Attempt, essay: oidhirpich thoir deuchainn, dean dìchioll. 2. labour to a certain purpose, work for a certain end: thoir oidhirp, feuch ri.

Endeavourer, *s.* Fear-deuchainn.

Endenize, *v. a.* See Enfranchise.

Ender, *s.* Fear-crìochnachaidh.

Ending, *s.* 1. Conclusion, consequence: crìoch, comh-dhùnadh. 2. termination of life: crìoch, bàs. 3. cessation of any action: crìoch, ceanndeiridh.

Endite, *v. n.* Coimh-dhean.

Enditer, *s.* 1. An accuser: casaidiche. 2. a composer, a writer, an author: sgrìobhadair, ùghdair.

Endless, *adj.* 1. Having no end: neo-chrìochnach, gun cheann. 2. infinite in extent or duration: neo-chrìochnach, maireannach, sìorruidh bithbhuan. 3. incessant, continual: a ghnàth, siorruidh.

Endlessly, *adv.* See Endless.

Endlessness, *s.* Maireannachd, maireachduinn, buanas, neo-chrìochnuidheachd, siorruidheachd.

Endlong, *adv.* Air fhad.

Endmost, *adv.* Aig a cheann a 's faid' as.

Endorse, *v. a.* Cùl-sgrìobh.

Endorsement, *s.* 1. Superscription: cùl-sgrìobhadh. 2. the name of a proprietor or endorser of a bill of exchange: ainm fir-boinne. 3. ratification: daingneachadh.

Endorser, *s.* Fear d' am buin a' bhann.

Endow, *v. a.* 1. Enrich with a portion: thoir tochradh, thoir cuibhrionn. 2. supply with any external good: thoir cuibhrionn, beartaich. 3. enrich with any excellence: beartaich, dean saoibhir.

Endower, *s.* Fear-buileachaidh cuibhrinn.

Endowment, *s.* 1. Wealth bestowed to any person or use: saoibhreas, beartas, tiodhlac airgid. 2. the bestowing or assuring a dower: tochradh. 3. gifts of nature: feart, càil, tuigse, eòlas.

Endue, *v. a.* Tiodhlaic, bàirig, builich.

Endrudge, *v. a.* Dean tàrlaid dheth.

Endurance, *s.* 1. Continuance: maireannachd, buanas. 2. patience, sufferance: foighidinn, giùlan le. 3. state of suffering: fulang.

Endure, *v. a.* et *n.* 1. Bear, sustain: fulaing, giùlain. 2. last, remain, continue: mair, fan, fuirich. 3. brook, bear, admit: giùlain le, fulaing.

Endurer, *s.* 1. Sustainer: fear-fulaing. 2. continuer, laster: fear a mhaireas.

Endwise, *adv.* Air a cheann, 'n a sheasamh dìreach.

Enemy, *s.* 1. A public foe: nàmh, nàmhaid, eascaraid. 2. a private opponent: nàmhaid, eas-caraid. 3. one who regards another with malevolence: nàmhaid, fear-fuath, fear-diomb. 4. (in theology) the fiend, the devil: nàmhaid, diabhol, eas-caraid.

Energetic, } *adj.* 1. Forcible, strong: làidir,
Energetical, } neartmhor. 2. operative, active: gnìomhach, dèanadach.

Energetically, *adv.* See Energetical.

Energy, *s.* 1. Power, force, vigour: comas, neart, spionnadh, tàbhachd. 2. faculty, operation: feart,

lùth. 3. strength of expression: sgairt, spionnadh.

Enervate, *v. a.* Lagaich, meataich.

Enervate, *adj.* Lagaichte, meataichte.

Enervation, *s.* Meatachadh, lagachadh, anmhunnachadh.

Enfeeble, *v. a.* Lagaich, thoir a lùths as, anmhunnaich.

Enfeoff, *v. a.* Cuir an seilbh, gabh seilbh, tog clach is ùir.

Enfeoffment, *s.* Gabhail seilbh, togail cloich is ùire, bann-seilbhe.

Enfilade, *s.* Cunglach, bealach cumhang.

Enforce, *v. a.* et *n.* 1. Give strength to: neartaich, thoir spionnadh do, spàrr. 2. make or gain by force: faigh, éignich. 3. instigate, provoke, urge on: spàrr, spreod, stuig. 4. urge with energy: sgàrr, caralaich. 5. compel, constrain: coimhéignich. 6. attempt by force: oidhirpich. 7. prove, evince: dearbh.

Enforcement, *s.* 1. Compulsion: éigneachadh, coimh-éigneachadh. 2. sanction: toil, cead, aont' an uachdarain. 3. urgent evidence: dearbhadh.

Enform, *v. a.* See Fashion.

Enfranchise, *v. a.* 1. Admit to the privilege of a freeman: dean 'n a shaoranach, thoir seachad da saorsa baile-margaidh. 2. set free from slavery: saor, thoir saorsa do. 3. release from custody: leig saor, fuasgail o chuibhreach.

Enfranchisement, *s.* 1. Investiture of the privileges of a denizen: saorsa baile-marghaidh, saorsa. 2. release from prison or from slavery: fuasgladh, saoradh.

Engage *v. a.* et *n.* 1. Make liable for a debt to a creditor: gabh os làimh, geall, ceangail, freagair air son. 2. impawn, stake: cuir an geall, cuir air son. 3. enlist: fasdaidh, ceangail ri. 4. embark in an affair: gabh gnothach ri. 5. induce, win: coisinn, meall, tàlaidh, tataidh. 6. bind by an appointment: ceangail. 7. employ, hold in business: cuir an gnìomh. 8. encounter, fight: cath. 9. conflict, fight: cog. 10. embark in any business: gabh gnothach os làimh.

Engagement, *s.* 1. Obligation: gabhail os làimh, gealladh, cùmhnant. 2. adherence to a party or cause: ceangal, aonadh. 3. employment of the attention: beachdachadh. 4. fight, conflict, battle: cath, còmhrag, blàr.

Engagingly, *adv.* Air mhodh tàlaidh.

Engaol, *v. a.* Prìosanaich, dùin a stigh.

Engarrison, *v. a.* Dìan le daingneach.

Engender, *v. a.* et *n.* 1. Beget between different sexes: gin. 2. produce, form: gin, dealbh, cum. 3. excite, cause, produce: thoir a mach, gin. 4. bring forth: beir. 5. be caused, be produced: bi gintinn.

Engenderer, *s.* Fear-gintinn, fear-gineamhuinn.

Engine, *s.* Inneal, uidheam, beart.

Engineer, *s.* 1. One who manages engines: fear-seòlaidh inneal, innleachdair. 2. a maker of engines: fear-dèanaimh innealan.

Enginery, *s.* 1. The art of managing artillery: gunnaireachd. 2. artillery: gunnachan mòra. 3. any device or contrivance: innleachd.

Engird, Engirt, *v. a.* Iomdhruid, iadh, teannaich, crioslaich.

England, *s.* Sasunn.

English, *adj.* Sasunnach.

English, *s.* 1. The people of England: Sasunnaich. 2. the language of England: Beurla.

English, *v. a.* Eadar-theangaich gu Beurla.

Englut, *v. a.* See Glut.

Engorge, *v. a.* et *n.* 1. Swallow, devour, gorge: sluig, glam, glut. 2. devour, feed with eagerness and voracity: glut, glam.

Enghafted, *adj.* Suidhichte, air a leagadh ann.

Engrain, *v. a.* Dath trom.

Engrapple, *v. n.* Teann-ghlac, greimich, theirig an casgairt dhòrn.

Engrasp, *v. a.* Teann-ghlac, gramaich, greimich.

Engrave, *v. a.* 1. Picture of incisions in any matter: grabhal. 2. mark wood or stone: geàrr, grabhail, snaidh. 3. impress deeply, imprint: cuir ail' ann, spàrr air. 4. bury: adhlaic.

Engraver, *s.* Grabhaltaich.

Engraving, *s.* 1. The work of an engraver: grabhaladh, gearradh. 2. the art of engraving: grabhaladh.

Engross, *v. a.* 1. Thicken, make thick: tiughaich, dean dòmhail. 2. increase in bulk: dean dòmhail, dean tomadach, meudaich. 3. fatten, plump up: dean reamhar. 4. seize in the gross, seize the whole of any thing: glac chugad an t-iomlan. 5. purchase any commodity for the sake of selling at a high price: ceannaich an t-iomlan. 6. copy in a large hand: dean athsgrìobhadh garbh.

Engrosser, *s.* Fear ceannaich an iomlain.

Engrossing, Engrossment, *s.* Ceannach an iomlain.

Engulf, *v. a.* Tilg an geotha.

Enhance, *v. a.* 1. Raise, advance, heighten in price: àrdaich, tog an luach. 3. raise in esteem: cuir barrachd meas air, àrdaich. 3. aggravate, increase: meudaich, an-tromaich.

Enhancement, *s.* 1. Increase, augmentation of value: àrdachadh, togail. 2. aggravation, increase of ill: an-tromachadh.

Enhancer, *s.* Fear-meudachaidh luach.

Enigma, *s.* Tòimhseachan, tòimhseagan, dubh-fhocal.

Enigmatical, *adj.* Tòimhseachanach, dorch, teagamhach, doilleir.

Enigmatically, *adv.* See Enigmatical.

Enigmatist, *s.* Fear-thòimhseagan.

Enjoin, *v. a.* Òrduich, àithn, iarr, caralaich.

Enjoiner, *s.* Fear-òrduchaidh.

Enjoinment, *s.* Òrduich, seòladh, àithne.

Enjoy, *v. a.* et *n.* 1. Feel or perceive with pleasure: meal, gabh tlachd ann. 2. obtain possession or fruition of: meal, sealbhaich. 3. please, gladden: taitinn, toilich. 4. live in happiness: bi sona.

Enjoyer, *s.* Fear-seilbh.

Enjoyment, *s.* Toil-inntinn, mealtuinn, sonas.

Enkindle, *v. a.* 1. Set on fire, inflame: fadaidh, las, beothaich, cuir 'n a theine. 2. incite to any act or hope: dùisg, brosnaich.

Enlard, *v. a.* Buaic.

Enlarge, *v. a.* et *n.* 1. Make greater in quantity or appearance: meudaich, leudaich. 2. exaggerate, aibheisich. 3. dilate, expand: leudaich, cuir am farsuingeachd. 6. amplify: meudaich, àrdaich. 5. release from confinement: saor, cuir fuidh sgaoil. 6. diffuse in eloquence: leudaich. 7. expatiate, speak in many words: leudaich, bi bith-bhriathrach.

Enlargement, *s.* 1. Increase, augmentation: meudachd, meudachadh, farsuingeachd, piseach. 2. release from confinement or servitude: fuasgladh, saoradh. 3. magnifying representation: aibheiseachadh. 4. expatiating speech; leudachadh.

Enlarger, *s.* Fear-meudachaidh.

Enlarging, *s.* Farsuingeachd, meudachd.

Enlighten, *v. a.* 1. Illuminate, supply with light: soillsich, soilleirich, thoir fradharc. 2. instruct, furnish with increase of knowledge: oil, teagaisg, ionnsaich, soilleirich, soillsich. 3. cheer, exhilarate, gladden: beothaich, cuir dheth smalan.

Enlightener, *s.* Fear-soillseachaidh.

Enlink, *v. a.* Ceangail, cuir an geamhail.

Enliven, *v. a.* 1. Make quick, make alive, animate: beothaich, misnich. 2. make sprightly or vivacious: cuir dheth smalan, beothaich, cuir sunnd fuidhe.

Enlivener, *s.* Fear-beothachaidh.

Enlivening, *s.* Beothachadh.

Enmity, *s.* 1. Unfriendly disposition, malevolence: naimhdeas, mì-rùn, gamhlas, fuath. 2. state of opposition: naimhdeas. 3. malice, mischievous attempts: mì-rùn, fuath.

Ennoble, *v. a.* 1. Raise from commonalty to nobility: uaislich, àrdaich, cuir an àireamh nam maithean, no, nam flath. 2. dignify, aggrandise: àrdaich, dean urramach. 3. make famous or illustrious: dèan ainmeil, dèan cliùiteach.

Ennoblement, *s.* 1. The act of raising to the rank of nobility: uaisleachadh, àrdachadh. 2. exaltation, elevation: àrdachadh, togail an urram.

Ennui, *s.* Cianalas, airtneal, fadal.

Enodation, *s.* Fuasgladh snaime.

Enormity, *s.* 1. Irregularity: mi-riaghailteachd, anabarrachd, uamhasachd. 2. deviation from right, depravity: gràinealachd, déistinn. 3. atrocious crime: gràinealachd, uamharrachd, aingidheachd.

Enormous, *adj.* 1. Irregular: mi-riaghailteach. 2. wicked beyond the common measure: déistinneach, aingidh. 3. exceeding in bulk the common measure: anabarrach, uamhasach, fuathasach.

Enormously, *adv.* See Enormous.

Enough, *adj.* Leòr,

Enough, *s.* Leòr, pailteas.

Enough, *adv.* Gu leòr.

En passant, *adv.* 'S an dol seachad.

Enquire, *v. a.* See Inquire.

Enrage, *v. a.* Feargaich, eargnaich, brosnaich, cuir corruich air.

Enrange, *v. a.* See Range, *v. a.*

Enrank, *v. a.* Sreathaich, cuir an òrdugh.

Enrapture, *v. a.* Dean ro-aoibhneach, dean ro-ait.

Enravish, *v. a.* Cuir a leum le aoibhneas.

Enravishment, *s.* Aoibhneas mòr.

Enrich, *v. a.* 1. Make wealthy, make opulent: beartaich, dean beartach, saoibhrich. 2 fertilize, make fruitful: mathaich, leasaich. 3. store: trus, cruinnich.

Enrichment, *s.* 1. Augmentation of wealth: saoibhreas, beartas. 2. amplification, improvement by addition: trusadh, cruinneachadh.

Enring *v. a.* Dean cuairt cheangal.

Enripen, *v. a.* See Ripen.

Enrobe, *v. a.* Sgeadaich, éid, còmhdaich.

Enrol, *v. a.* 1. Insert in a roll, list or register: sgrìobh sìos, ainmich, cuir an leabhar ainmean. 2. record, leave in writing: cuir sìos, sgrìobh sìos. 3. involve, inwrap, fill: paisg, cuairsg, rol.

Enroller, *s.* Fear sgrìobhaidh an ainm-chlàr.

Enrolment, *s.* Ainm-chlàr.

Enroot, *v. a.* Bunaich, freumhaich.

Enround, *v. a.* Cuairtich.

Ensanguine, *v. a.* Dath le fuil.

Ensconce, *v. a.* Daingnich, dìdinn.

Enseam, *v. a.* Fuaigh.

Ensear, *v. a.* Loisg le iarunn, loisg.

Enshield, *v. a.* Dion le sgéith.

Enshrine, *v. a.* Taisg gu cùramach, cuir an naomhthasgadh.

Ensiform, *adj.* Claidheamhail.

Ensign, *s.* 1. The flag or standard of a regiment: bratach, meirghe, suaicheantas. 2. any signal to assemble: bratach, suaicheantas. 3. mark of distinction: suaicheantas. 4. the officer of foot who carries the flag: fear brataich.

Ensigncy, *s.* Inbhe fir brataich.

Enslave, *v. a.* 1. Reduce to servitude: dean 'n a thràill, thoir gu tràillealachd, thoir am bruid. 2. make over to another as his slave, or bondman: thoir mar thràill, reic fo dhaorsa.

Enslavement, *s.* Tràillealachd, daorsa.

Enslaver, *s.* Fear-toirt am bruid, fear-deanaimh thràillean.

Ensue, *v. a.* et *n.* 1. Follow, pursue: lean. 2. follow as a consequence to premises; lean, thig an lorg, bi leanmhuinn, sruth. 3. succeed in a train of events, or course of time: lean, thig an lorg.

Ensurance, } *s.* Urras cunnairt, fear-deanaimh cinnteach.
Ensurer, }

Entablature, } *s.* Barr'-bhailc.
Entablement, }

Entail, *v. a.* Cuir fuidh chòir dhligheach.

Entail, *s.* 1. The estate entailed, or settled, with regard to the rule of its descent: suidheachadh seilbh oighreachd. 2. the rule of descent settled for any estate: riaghailt seilbh oighreachd.

Entame, *v. a.* Callaich, dean soirbh.

Entangle, *v. a.* 1. Ensnare with something not easily extricable: rib, amail, glac an lìon. 2. twist in such a manner as that a separation cannot easily be made: aimhreitich, cuir thar a chéile. 3. involve in difficulties, embarrass: amail, rib, cuir an imcheist. 4. puzzle, bewilder: rib, cuir 'n a bhreislich. 5. distract with a variety of cares: rib, cuir an sàs.

Entanglement, *s.* 1. Involution of any thing in-

tricate or adhesive: ribeadh, amladh, bunradh. 2. perplexity, puzzle: ribeadh, imcheist.

ENTANGLER, *s.* Fear-ribidh.

ENTER, *v. a.* et *n.* 1. Go on, come into any place: inntrig, rach a steach. 2. initiate in a business, method, or society: tòisich gnothach. 3. introduce, or admit into any counsel: rach a steach. 4. set down in writing: cuir a sìos. 5. come in, go in: rach a steach. 2. engage in, or be initiated in: tòisich.

ENTERER, *s.* Fear-tòiseachaidh.

ENTERING, *s.* Dol a steach, inntreachduinn.

ENTERPRISE, *s.* Guais-bheart, deuchainn, oidhirp mhisneachail.

ENTERPRISE, *v. a.* Feuch ri, thoir ionnsuidh, thoir deuchainn.

ENTERPRISER, *s.* Fear guais-bheartach.

ENTERTAIN, *v. a.* 1. Converse with, talk with: comh-labhair, cùm còmhradh ri. 2. treat at the table: thoir cuirm, dean biatachd. 3. receive hospitably: thoir aoidheachd. 4. keep in one's service: cum. 5. keep, or reserve in the mind: rùnaich. 6. please, amuse, divert: toilich, taitinn. 7. admit: gabh ri.

ENTERTAINER, *s.* Biadhtach, fear fial, fear-toirt taitneis.

ENTERTAINMENT, *s.* 1. Conversation: còmhradh, comh-labhairt. 2. treatment at the table: aoidheachd, biatachd, cuirm, fleagh. 3. hospitable reception: aoidheachd biatachd. 4. reception, admission: gabhail ri. 5. amusement, diversion: fearas-chuideachd, fala dhà, ealaidh.

ENTHRILL, *v. a.* Bior, troimh-lot.

ENTHRONE, *v. a.* Cuir air righ chathair, cuir air a chrùn, àrdaich.

ENTHUSIASM, *s.* 1. A vain belief of private revelation: baoth-chreidimh. 2. heat of imagination: teas-inntinn, dealas. 3. elevation of fancy: àrd-inntinn.

ENTHUSIAST, *s.* 1. One who vainly imagines himself to have intercourse with God: fear baoth-chreidimh. 2. one of a hot imagination, or violent passion: fear dealasach.

ENTHUSIASTIC, ENTHUSIASTICAL, *adj.* 1. Persuaded of some communication with the Deity: baoth-chreidmheach. 2. vehemently hot in any cause: dealasach, dian. 3. elevated in fancy: àrd-inntinneach.

ENTICE, *v. a.* Meall, tàlaidh, tataidh, breug, buair, thoir a thaobh.

ENTICEMENT, *s.* 1. The act or practice of alluring to ill: mealladh, tàladh, breugadh, buaireadh. 2. the means by which one is allured to ill: mealladh, culaidh-mheallaidh.

ENTICER, *s.* Fear-tàlaidh, buaireadair, mealltair.

ENTICING, *s.* Mealladh, tàladh, tatadh.

ENTICINGLY, *adv.* Gu mealltach, air mhodh tàlaidh.

ENTIRE, *adj.* 1. Whole, undivided: iomlan, coimhlionta. 2. unbroken: iomlan, slàn, uile. 3. full, complete: iomlan, coimhlionta, slàn, làn. 4. firm, sure, solid: daingean, cinnteach, neo-ghluasadach. 5. unmingled, unallayed: neo-mheasgta, neo-thruaillte. 6. honest, firm, faithful: direach, dìleas, seasmhach. 7. in full strength: ùr, iomlan.

ENTIRENESS, *s.* 1. Completeness: iomlanachd, coimhliontachd. 2. honesty, integrity: ionracas, treibhdhireas.

ENTITLE, *v. a.* 1. Grace or dignify with a title, or honourable appellation: urramaich, thoir tiodal do. 2. give a discriminative appellation: ainmich. 3. superscribe, or prefix as a title: sgrìobh tiodal. 4. give a claim to any thing: thoir còir do.

ENTITY, *s.* Bith.

ENTOIL, *v. a.* Glac an ribe.

ENTOMB, *v. a.* Cuir 's an uaigh, adhlaic, tiodhlaic.

ENTRAILS, *s.* Mionach, greallach, caolain.

ENTRAMMELLED, *adj.* Cuairsgeach, camagach.

ENTRANCE, *s.* 1. The power of entering into a place: comas dol a steach, leigeadh a steach. 2. the act of entering: dol a steach. 3. the passage by which a place is entered: slighe dhol a steach. 4. initiation, commencement: tionnsgnadh, tòiseachadh. 5. intellectual ingress: eòlas. 6. the act of taking possession of an office: gabhail seilbh.

ENTRANCE, *v. a.* Cuir am paisean, rach an neul, giùlain an inntinn o nithibh faicsinneach.

ENTRAP, *v. a.* 1. Ensnare: rib, glac, cuir an sàs, painntirich. 2. take advantage of: gabh cothrom air.

ENTREAT, *v. a.* et *n.* 1. Petition, solicit, importune: guidh, asluich, grios, achuingich, iarr. 2. prevail upon by solicitation: faigh le achuinge. 3. treat well or ill: gréidh, buin ri, càirich. 4. make a petition: dean achuinge.

ENTREATER, *s.* Fear-achuing', fear-guidhe.

ENTREATY, *s.* Guidhe, achuinge, iarrtas.

ENTRY, *s.* 1. The passage by which any one enters a house: dorus. 2. the act of entrance: dol a steach. 3. the act of taking possession of an estate: gabhail seilbh. 4. the act of setting down in writing: cur a sìos. 5. the act of entering publicly into any city: dol a steach.

ENTWIST, *v. a.* Toinn.

ENVELOPE, *v. a.* 1. Inwrap, cover: fill, paisg, còmhdaich. 2. cover, hide, surround: còmhdaich, foluich, cuairtich. 3. line: lìnig.

ENVELOPE, *s.* Pasgadh, còmhdach.

ENVELOPEMENT, *s.* Amladh, grabadh, imcheist.

ENVENOM, *v. a.* 1. Taint with poison: puinsionaich. 2. make odious: duaichnich, truaill. 3. enrage, exasperate: feargaich, cuir air boile.

ENVIABLE, *adj.* Farmadach.

ENVIER, *s.* Fear-fuath, fear-mì-rùin.

ENVIOUS, *adj.* Farmadach.

ENVIOUSLY, *adv.* See Envious.

ENVIRON, *v. a.* 1. Surround, encompass, encircle: cuairtich, iomdhruid, iadh mu. 2. involve, envelope: timchiollaich, cuairtich. 2. besiege, hem in: iomdruid, cuairtich.

ENVIRONS, *s.* Ionadan mu 'n cuairt, coimhearsnachd.

ENUMERATE, *v. a.* Cunnt, àireamh.

ENUMERATION, *s.* Cunntas, àireamh.

ENUMERATIVE, *adj.* Àireamhach.

ENUNCIATE, *v. a.* Cuir an céill, innis, aithris, gairm, foillsich.

Enunciation, *s.* 1. Declaration: aithris, nochdadh, cur an céill. 2. intelligence, information: innseadh, fios. 3. expression in writing: sgrìobhadh, briathran sgrìobhta. 4. manner of utterance: modh labhairt.

Enunciative, *adv.* Aithriseach, a' cur an céill.

Enunciatively, *adv.* See Enunciative.

Envoy, *s.* 1. A public minister sent from one power to another: teachdaire righ. 2. a messenger: teachdaire.

Envy, *v. a.* et *n.* 1. Hate another for excellence, happiness, or success: gabh farmad ri. 2. grudge, impart unwillingly: maoidh. 3. feel envy: bi farmadach.

Envy, *s.* 1. Pain felt, and malignity conceived at the sight of excellence, or happiness: farmad. 2. rivalry, competition: farmad, comh-stri, comhfharpuis. 3. malice, malignity: gamhlas, tnù, mi-rùn. 4. public odium: fuath, droch-mheas, droch cliù.

Envying, *s.* Farmad.

Enwomb, *v. a.* 1. Make pregnant: torraich, dèan torrach. 2. bury, hide as in the womb: folaich.

Epact, *s.* Aireamh leis am faighear aois na gealaich.

Epaulement, *s.* Beinge thalmhaim.

Epaulet, *s.* Babag gualainn.

Epha, *s.* Ephah.

Ephemera, *s.* 1. A fever that terminates in one day: teasach, no fiabhrus nach mair ach aon latha. 2. an insect that lives only one day: cnuimh, bith aon latha.

Ephemeral, Ephemeric, *adj.* Lathail, neo-mhaireannach.

Ephemeris, *s.* 1. A journal, an account of daily transactions: leabhar latha. 2. an account of the daily motions and situations of the planets: cunntas reul-imeachd.

Ephemerist, *s.* Speuradair, reul-dhruidh.

Ephesian, *s.* Ephesianach.

Ephod, *s.* Ephod.

Epic, *s.* Duan eachdraidhe, dàn mòr, duan mòrdha.

Epicede, Epicedium, *s.* Marbhrann.

Epicure, *s.* Geòcair, pòitear, glaimseir, glutair.

Epicurean, *s.* Epicuréanach.

Epicurean, *adj.* 1. Pertaining to the sect of Epicurus: Epicuréanach. 2. luxurious: sòghmhor, geòcach, neo-mheasarra.

Epicurism, *s.* 1. Luxury, sensual enjoyment: sògh, pòit, geòcaireachd, sàimh, ròic. 2. the doctrine of Epicurus: teagasg Epicuruis.

Epidemic, Epidemical, *adj.* Gabhaltach, sgaoilteach, coitchionn, plàigheach.

Epidermis, *s.* Croicionn uachdair.

Epiglottis, *s.* Claban a' sgòrnain, sgòrn-chailbhe.

Epigram, *s.* Geàrr-dhuanag.

Epigrammatic, Epigrammatical, *adj.* Duanach.

Epigrammatist, Duanaire.

Epilepsy, *s.* An tinneas tuiteamach, an tuiteamas.

Epileptic, Epileptical, *adj.* Tuiteamach, air am bheil an tinneas tuiteamach.

Epilogue, *s.* Crìoch-cluiche.

Epincytis, *s.* Leònagan.

Epiphany, *s.* Féill an taisbeanaidh.

Episcopacy, *s.* Easbuigeachd.

Episcopal, *adj.* Easbuigeach.

Episcopalians, *s.* Creideamh an easbuig.

Episcopate, *s.* Easbuigeachd.

Episcopy, *s.* Rannsachadh, sgrùdadh.

Episode, *s.* Taobh sgeul, sgeul am meadhon dàna.

Epispastic, *s.* 1. Drawing: tarruing. 2. blistering: leusachadh.

Epistle, *s.* Litir.

Epistolary, *adj.* Litireach, a bhuineas do litrichibh.

Epistler, *s.* Fear-sgrìobhaidh litrichean.

Epistyle, *s.* Barr'-bhailc.

Epitaph, *s.* Sgrìobhadh air leac-lighe.

Epithalamium, Epithalamy, *s.* Òran pòsaidh, òran bainnse.

Epithet, *s.* Foir-bhriathar, focal-buaidh.

Epitome, *s.* Giorradan, brìgh sgeòil.

Epitomise, *v. a.* Giorraich, coimh-gheàrr.

Epitomiser, Epitomist, *s.* Giorraiche.

Epoch, Epocha, *s.* Àm o'n cunntar aimsir, tùs àireimh.

Epopee, *s.* Duan mòr.

Epulary, *adj.* Fleadhach.

Epulation, *s,* Cuirm, fleadh, féisd.

Equability, *s.* Ionannachd, coimh-ionannas.

Equable, *adj.* Coimh-ionnan, ionann, comh-chosmhuil, comh-chothromach, dìreach.

Equably, *adv.* See Equable.

Equal, *adj.* 1. Like another in bulk, excellence, or any other quality that admits comparison: ionann, coimh-ionann, comh-chosmhuil, coimeas. 2. adequate to any purpose: comasach, murrach, cubhaidh. 3. even, uniform: réidh, còmhnard. 4. in just proportion: comh-fhreagarrach. 5. impartial, neutral: dìreach, ceart, neo-chlaon-bhreitheach. 6. indifferent: coma, neo-shuimeil.

Equal, *s.* 1. One not inferior or superior to another: coimpire, leth-bhreac, mac samhuil. 2. one of the same age: comh-aois, comh-aimsireach. 3. equality: ionannachd, coimh-ionannas.

Equal, *v. a.* 1. Make one thing or person equal to another: coimeas, dean cosmhuil, dean ionann. 2. rise to the same state with another person: cuir an coimh-ionannachd, cuir 's an aon inbhe. 3. be equal to: bi comh-ionann. 4. recompense fully, answer in full proportion: coimh-fhreagair.

Equalise, *v. a.* Comh-chothromaich, dean comhionann.

Equality, *s.* 1. Likeness with regard to any quantities compared: ionannachd, coimh-ionannachd, coimeas, comh-choltas. 2. the same degree of dignity: coimh-ionannachd, comh-choltas. 3. evenness, uniformity: suidheachadh inntinn, còmhnardachd.

Equally, *adv.* See Equal, *adj.*

Equangular, *adj.* Comh-oisinneach, comh-uileannach.

Equanimity, *s*, Socair inntinn, sèimheachd, soimeachd.
Equanimous, *adj.* Soimeach, sèimh, socrach.
Equation, *s.* Comh-fhreagarrachd.
Equator, *s.* Cearcall meadhoin na talmhainn.
Equery, *s.* 1. A grand lodge or stable for horses: each-lann. 2. an officer who has the care of horses: fear-cùraim each-lann.
Equestrian, *adj.* A' marcachd, air muin eich.
Equiangular, *adj.* See Equangular.
Equidistance, *s.* Co fhad as.
Equidistant, *adj.* Aig an aon fhad.
Equilateral, *adj.* Comh-shlisneach.
Equilibrate, *v. a.* Comh-chothromaich.
Equilibration, *s.* Comh-chothromachadh.
Equilibrious, *adj.* Comh-chothromach.
Equilibrity, } *s.* Comh-chothrom.
Equilibrium, }
Equinoctial, *s.* Cearcall na comh-fhad-thrath.
Equinoctial, *adj.* A bhuineas do'n chomh-fhad-thrath.
Equinox, *s.* Comh-fhad-thrath.
Equip, *v. a.* Deasaich, cuir an uidheam, ullamhaich.
Equipage, *s.* 1. Furniture for a horseman: uidheam, deise mharcachd. 2. carriage of state, vehicle: carbad 'n a làn uidheam. 3. attendance, retinue: coisridh, frithealadh. 4. accoutrements, furniture: acfhuinn, àirneis, fasair.
Equipaged, *adj.* An làn uidheam.
Equipment, *s.* 1. The act of equipping or accoutring: deasachadh, uidheamachadh. 2. accoutrement, equipage: acfhuinn, àirneis.
Equipoise, *s.* Comh-chudthrom, comh-chothrom.
Equipollence, } *s.* Comh-chumhachd, comh-fhreagarrachd an neart.
Equipollency, }
Equiponderance, } *s.* Comh-chudthrom, comh-chothrom.
Equiponderancy, }
Equiponderant, *adj.* Comh-chudthromach, comh-chothromach.
Equiponderate, *v. n.* Comh-chudthromaich, comh-chothromaich.
Equitable, *adj.* Ceart, cothromach, dìreach, neo-chlaon.
Equitably, *adv.* See Equitable.
Equity, *s.* 1. Justice, right, honesty: ceartas, cothrom. 2. impartiality: ceartas, cothromachd, ceart-breitheanas.
Equivalent, *adj.* 1. Equal in value, excellence, force, or power: coimh-ionann, ionann. 2. of the same cogency or weight: comh-chudthromach. 3. of the same import or meaning: comh-chiallach.
Equivalent, *s.* Ni co-luachmhor.
Equivocal, *adj.* Teagamhach, doilleir, dà sheadhach.
Equivocally, *adv.* See Equivocal.
Equivocalness, *s.* See Equivocation.
Equivocate, *v. a.* et *n.* 1. Render capable of a double interpretation: dean teagamhach, dean dà-sheadhach. 2. use ambiguous expressions: bi an teagamh, dean ceilt-inntinn.
Equivocation, *s.* Ceilt-inntinn.
Equivocator, *s.* Fear ceilt-inntinn.

Era, *s.* See Epoch.
Eradiate, *v. n.* Dèarrs, dèarrsaich, dealraich.
Eradiation, *s.* Dèarsadh, dealrachadh, dealradh.
Eradicate, *v. a.* 1. Pull up by the root: spìon, thoir á 'fhreumhaibh. 2. destroy completely, cut off: dìth-mhill, sgrios.
Eradication, *s.* Spìonadh, toirt á 'fhreumaibh, dìth-mhilleadh, sgrios.
Erase, *v. a.* 1. Destroy, exscind: mill, sgrios, spìon as. 2. expunge, rub out: dubh a mach, mill.
Erasement, *s.* 1. Destruction, devastation: dìth-mhilleadh, sgrios. 2. expunction, abolition: dubhadh as, milleadh.
Ere, *adv.* Roimhe, mu 'n, an toiseach.
Ere, *prep.* Roimh.
Erelong, *adv.* A chlisgeadh, gu goirid.
Erenow, *adv.* Roime so.
Erewhile, } *adv.* A chianamh.
Erewhiles, }
Erect, *v. a.* et *n.* 1. Raise in a strait line: tog dìreach. 2. raise, build: tog. 3. establish anew, settle: suidhich, socraich. 4. elevate, exalt: àrdaich, tog an àird. 5. raise consequences from premises: comh-dhùin, dean a suas. 6. animate, not depress: misnich tog an àird. 7. rise upright: éirich dìreach.
Erect, *adj.* 1. Upright, not leaning: dìreach, neo-chrom. 2. directed upwards: a' cur an àirde. 3. bold, confident: daingean, misneachail, colgarra, sgairteil.
Erected, *adj.* Togta suas.
Erection, *s.* 1. The act of raising, or state of being raised upward: éiridh, togail. 2. the act of building or raising edifices: togail. 3. establishment, settlement: suidheachadh, socrachadh. 4. elevation, exaltation of sentiments: àrdachadh inntinn. 5. excitement to attention: dùsgadh, beothachadh.
Erectness, *s.* Dìrichead.
Erector, *s.* Fear-togail.
Eremit, *s.* Aonaran, maol-chiaran, dìthreabhach.
Eremitical, *adj.* Aonaranach, cianail.
Ereption, *s.* Tiolpadh, spìonadh, spiolladh.
Ergo, *adv.* Uime sin.
Eriach, } *s.* Éiric, ùmhladh.
Eric, }
Eristical, *adj.* Connspuideach, tagarrach.
Ermine, *s.* Neas nam fuar thìrean
Erode, *v. a.* Cnàmh, ith, caith as.
Erogate, *v. a.* Bàirig, builich, tiodhlaic.
Erogation, *s.* Bàirigeadh, buileachadh.
Erosion, *s.* Cnàmhadh, caitheamh as.
Err, *v. n.* 1. Wander, ramble: rach air iomrall, rach air faontraigh. 2. miss the right way: seachrain, rach air seachran. 3. deviate from any purpose: rach a thaobh. 4. mistake: rach mearachd.
Errable, *adj.* Mearachdach, seachranach, iomrallach.
Errand, *s.* Teachdaireachd, gnothach.
Errant, *adj.* 1. Wandering, roving, rambling: iomrallach, faondrach, seachranach. 2. deviating

from a certain course: neo-shuidhichte, seachranach, a' claonadh, a' camadh.
Errantry, *s.* Seachranachd, iomrall, faontradh.
Errata, *s.* Mearcachdan a' chlòdh-bhualaidh.
Erratic, } *adj.* Iomrallach, mearachdach, seach-
Erratical, } ranach.
Erratically, *adv.* See Erratical.
Erring, *adj.* Mearachdach, seachranach, neo-shuidhichte.
Erroneous, *adj.* 1. Wandering, unsettled: mearachdach, neo-shuidhichte, ceàrr. 2. irregular, wandering from the right road: seachranach, mi-riaghailteach, iomrallach, faondrach. 2. mistaking, misled by error: mearachdach, a' dol mearachd. 4. mistaken, not conformable to truth: mearachdach, breugach.
Erroneously, *adv.* See Erroneous.
Error, *s.* 1. Mistake, involuntary deviation from truth: mearachd. 2. a blunder: mearachd. 3. roving excursion: iomrall, sachran, faontradh. 4. (in theology), sin: peacadh.
Erse, } *s.* Gaelic Albannach.
Earse, }
Erst, *adv.* See Ere.
Erubescence, } *s.* Ruadhachadh, fàs dearg, rugh-
Erubescency, } adh.
Erubescent, *adj.* Rughach, ruiteagach.
Eruct, } *v. a.* Brùchd, dean brùchdadh.
Eructate, }
Eructation, *s.* 1. The act of belching: brùchdadh, dìobhuirt. 2. belch, the matter vented from the stomach: brùchd, dìobhuirt. 3. any sudden burst of wind or matter: brùchd.
Erudite, *adj.* Ionnsaichte, foghluimte.
Erudition, *s.* Ionnsachadh, foghlum, oilean, eòlas.
Eruption, *s.* 1. The act of breaking or bursting forth from any confinement: brùchdadh, bristeadh a mach. 2. burst, emission: brùchd, taom. 3. sudden excursion of an hostile kind: ionnsuidh. 4. violent exclamation: éigheach, glaoidhaich. 5. efflorescence, pustules: ruaidhe, broth, bristeadh a mach.
Eruptive, *adj.* 1. Bursting forth: a' bristeadh a mach. 2. exhibiting diseased eruption: a' bristeadh a mach, brothach, guireanach.
Erysipelas, *s.* Ruaidhe, teinidh dé.
Escalade, *s.* Streapadh balla.
Escalop, *s.* See Scollop.
Escape, *v. a.* et *n.* 1. Obtain exemption from, fly: teich, tàir as. 2. pass unobserved by one: seachain. 3. fly, get out of danger: teich, tàir as.
Escape, *s.* 1. Flight: teicheadh, dol as o chunnart. 2 excuse: leisgeul. 3. oversight, mistake: mearachd, di-chuimhn.
Escaping, *s.* Teicheadh, seachnadh cunnart.
Eschalot, *s.* Seòrs uinnean.
Eschar, *s.* Aile, comharradh.
Escharotic, *adj.* See Caustic.
Escheat, *s.* Fearann, no, cuid, gun oighr' air.
Escheat, *v. n.* Tuit a dhìth oighre dh' ionnsuidh an uachdarain.
Eschew, *v. a.* Seachain, teich uaith, na gabh gnothach ri.
Escort, *s.* Coimheadachd, dìon, freiceadan.
Escort, *v. a.* Thoir coimheadachd do, dìon.
Escot, *v. a.* Paidh an lach air son neach.
Escot, *s.* Càin baile mòir.
Escritoire, *s.* See Desk.
Esculent, *adj.* A dh' fhaodar ithe, biadhchar.
Esculent, *s.* Biadh, ni a fhaodar ithe.
Escutcheon, *s.* Sgiath teaghlaich, suaicheantas brataich.
Esotery, *s.* Rùn-dìomhair.
Especial, *adj.* Àraidh, sònruichte, prìomh, comharraichte.
Especially, *adv.* See Especial.
Espial, *s.* Tabhairt fainear, nochdadh, faighinn a mach.
Espier, *s.* Fear cùl-bheachd.
Esplanade, *s.* 1. The space between the glacis of a citadel and the first houses of a town: cùl balla daingnich. 2. a grass plot: àilean.
Espousal, *s.* Uchdmhacachd, dìon.
Espousals, *s.* Ceangal-pòsaidh, còrdadh, réiteach.
Espouse, *v. a.* 1. Contract or betroth to another: dean ceangal-pòsaidh, ceangail. 2. marry, wed: pòs. 3. adopt: uchdmhacaich, gabh ort féin. 4. maintain, defend: dìon, teasairg.
Espouser, *s.* Fear gabhail cùise 'n a làimh féin.
Espy, *v. a.* et *n.* 1. See things at a distance: faic, beachdaich, comharraich. 2. discover any thing intended to be hid: faigh a mach. 3. see unexpectedly: faic, amhairc air. 4. discover as a spy: rannsaich. 5. watch, look about: gabh sealladh.
Esquire, *s.* 1. The armour-bearer or attendant on a knight: fear-coimheadachd ridire, fear iomchair arm ridire. 2. a title of dignity, and next in degree below a knight: fear tighearnais.
Essay, *v. a.* 1. Attempt, try, endeavour: feuch, oidhirpich, thoir deuchainn. 2. make an experiment of: feuch, cuir gu deuchainn.
Essay, *s.* 1. Attempt, endeavour: deuchainn, feuchainn, oidhirp. 2. a loose sally of the mind, an irregular indigested piece: òraid, oidhirp sgrìobhaidh. 3. a trial, an experiment: deuchainn, oidhirp. 4. first taste of any thing: feuchainn, deuchainn.
Essayist, *s.* Fear-sgrìobhaidh òraidean.
Essence, *s.* 1. The very nature of any being: gnè, brìgh, bladh. 2. existence, the quality of being: bith, beatha. 3. being, existent person: bith. 4. (in medicine) the chief properties or virtues of any simple, or composition, collected in a narrow compass: gnè, brìgh, sùgh, bladh. 5. perfume, odour, scent; boltrach, fàile.
Essence, *v. a.* See Perfume, *v. a.*
Essential, *adj.* 1. Necessary to the constitution or existence of any thing: feumail, nach gabh seachnadh, ro-àraidh. 2. important in the highest degree, principal: ro-àraidh, prìomh. 3. pure, highly rectified: fìor-ghlan, ro bhrìoghmhor.
Essential, *s.* See Essence.
Essentially, *adv.* See Essential, *adj.*
Establish, *v. a.* 1. Settle firmly: suidhich, stéidh-

ich, socraich. 2. settle in any privilege or possession: suidhich, socraich, càirich. 3. ratify: daingnich, comh-dhaingnich. 4. settle in an opinion: daingnich. 5. form or model: suidhich, leag, riaghailtich.

Establisher, *s.* Fear-suidheachaidh.

Establishment, *s.* 1. Settlement, fixed state: suidheachadh, socrachadh, stéidheachadh. 2. confirmation of something already done, ratification: daingneachadh, comh-dhaingneachadh. 3. settled regulation, model of a government or family: comh-dhealbhadh, suidheachadh. 4. foundation, fundamental principle, settled law: stéidh, lagh-suidhichte. 5. allowance, income, salary: tuarasdal, teachd a stigh. 6. settled or final rest: suidheachadh, stéidh.

Estate, *s.* 1. Condition of life, with regard to prosperity or adversity: seasamh, cor, inbhe. 2. fortune, possession: seilbh, fearann, oighreachd. 3. rank, quality: mòrachd, inbhe, àrd uaisle.

Esteem, *v. a.* et *n.* 1. Set a value upon any thing: meas, cuir luach air. 2. compare, estimate by proportion: meas, coimeas. 3. prize, rate high, regard with reverence: meas, cuir meas air, urramaich, meas luachmhor. 4. hold in opinion, think, imagine: meas, cuir suim air. 5. consider as to value: gabh suim.

Esteem, *s.* 1. High value, reverential regard: meas, urram, onoir, miadh. 2. reckoning, estimate, account: cunntas, luach.

Esteemable, *adj.* Measail, luachmhor, miadhach.

Esteemer, *s.* Fear meas luachmhor.

Estimable, *adj.* 1. Valuable: luachmhor, prìseil, miadhach, miadhail. 2. worthy of esteem: miadhail, measail, urramach.

Estimableness, *s.* Luachmhorachd, miadhalachd.

Estimate, *v. a.* 1. Rate: meas, cuir luach air. 2. calculate, compute: cunnt, àireamh.

Estimate, *s.* 1. Computation, calculation: cunntas, àireamh, meas. 2. value: luach. 3. valuation: meas, luach, fiach, prìseachadh.

Estimation, *s.* 1. The act of adjusting, proportional value: meas, luachmhorachd. 2. calculation, computation: cunntas, àireamh, meas. 3. opinion, judgment: barail, breith. 4. esteem, regard, honour: meas, urram, onoir.

Estimative, *adj.* A' coimeas an luach.

Estimator, *s.* Fear meas.

Estival, *adj.* Samhrach, samhrachail.

Estrade, *s.* Còmhnard, réidhlean.

Estrange, *v. a.* 1. Keep at a distance, withdraw: cum air falbh, tarruing air falbh. 2. alienate, divert from its original use or possessor: dean, coimheach. 3. alienate from affection: dean fuathach, dean 'n a choigreach. 4. withdraw, withhold: cum air ais, tarruing air falbh.

Estrangement, *s.* Coimheachas, dol a thaobh, tréigsinn càirdeis.

Estuary, *s.* Caolas, bàgh, camus, cneas-mhuir.

Estuate, *v. a.* Goil, lìon is tràgh.

Estuation, *s.* Goil, lìonadh is tràghadh, tulgadh tuinne.

Esurient, *adj.* Ocrach, ciocrach.

Esurine, *adj.* Cnàmhach, cnàimhteach.

Et caetera, *s.* Agus mar sin.

Etch, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing.

Etching, *s.* Dealbh sgrìobhaidh.

Eternal, *adj.* 1. Without beginning or end: bith-bhuan, sìorruidh. 2. without beginning: sìorruidh, gun toiseach. 3. without end: maireannach, neo-chrìochnach, bithbhuan. 4. perpetual, constant: gun sgur, maireannach. 5. unchangeable: neo-chaochlaideach.

Eternal, *s.* An Tì sìorruidh, an Tì bith-bhuan.

Eternalise, *v. a.* Dean sìorruidh.

Eternally, *adv.* See Eternal, *adj.*

Eternity, *s.* Sìorruidheachd, bith-bhuantachd.

Eternise, *v. a.* Dean siorruidh, dean neo-bhàsmhor.

Ether, *s.* Àile fìor-ghlan, adhar fìnealta.

Ethereal, *adj.* 1. Formed of ether: adharach, adharail. 2. celestial, heavenly: nèamhaidh, spioradail.

Ethic, Ethical, *adj.* Modhanail, deas-ghnàthach, beusach.

Ethically, *adv.* See Ethical.

Ethics, *s.* Modhannan, riaghailt nam modhannan, teagasg nan deas-ghnàth, lagh nam beus.

Ethiope, *s.* Fear a' mhuinntir Etiòpia.

Ethnical, *adj.* Pàganach.

Ethnicism, *s.* Pàganachd.

Ethnics, *s.* Pàganaich.

Etiquette, *s.* Modh, deas-ghnàth.

Ettin, *s.* Famhair.

Etymological, *adj.* A bhuineas do dh' fhocal-freumhhachd.

Etymologist, *s.* Focal-freumhaiche.

Etymology, *s.* Focal-freumhachd.

Etymon, *s.* Freumh-fhocal.

Evacate, *v. a.* Falmhaich, tilg a mach.

Evacuate, *v. a.* et *n.* 1. Make empty, clear: falmhaich, dean fàlamh, fàsaich. 2. throw out as noxious, or offensive: tilg a mach, glan, cairt. 3. make void, annul: cuir as do, mill. 4. quit, withdraw from out of a place: fàg, falbh as. 5. let blood: leig fuil, tarruing fuil.

Evacuation, *s.* 1. Such emissions as leave a vacancy: falmhachadh, tarruing air falbh. 2. abolition, nullification: cur gu dìth, milleadh, cur air cùl. 3. the practice of emptying the body by physic: glanadh, purgaideachadh, cartadh. 4. a withdrawing from out of a place: fàgail, falbh.

Evade, *v. a.* et *n.* 1. Elude, escape by artifice or stratagem: seachain, faigh as, tàir as. 2. avoid: seachain. 3. escape by sophistry: seachain, sèap. 4. escape as too great, or two subtle to be subdued: seachain. 5. slip away: sèap, tàir as.

Evanescence, *s.* Diombuaineachd, diombuainead, caochlaidheachd, faileas.

Evanescent, *adj.* Diombuain, caochlach, faileasach.

Evangelical, *adj.* Soisgeulach.

Evangelically, *adv.* See Evangelical.

Evangelist, *s.* Soisgeulach, soisgeulaiche.

Evangelize, *v. a.* Searmonaich an soisgeul.

Evanid, *adj.* Lag, fann, anmhunn.

Evanish, *v. n.* See Vanish.

Evaporate, *v. a.* et *n.* 1. Drive away in fumes: cuir 'n a smùid, cuir 'n a cheò. 2. give vent to, let out in ebulition, or sallies: leig a mach, leig fa sgaoil. 3. fly away in vapours, or fumes: rach 'n a d' cheò, falbh 'n a d' smùid, bi cur deataich dhiot.

Evaporation, *s.* 1. The act of flying away in fumes or vapours: dol 'n a smùid, smùid, deatach. 2. the act of attenuating matter so as to make it fume away: tiormachadh, cur ceò dheth.

Evasion, *s.* Leithsgeul, seachnadh, car, siomaguad, cur seachad.

Evasive, *adj.* Leisgeulach, carach, cealgach, cuilbheartach.

Evasively, *adv.* See Evasive.

Eucharist, *s.* Comanachadh, suipeir an Tighearna.

Eucharistical, Eucharistic, *adj.* A bhuineas, do 'n chomanachadh.

Eucracy, *s.* Deadh chàil, deadh shlàinte.

Find, *v. a.* 1. Obtain: faigh. 2. meet with, fall upon: faigh, tachair air. 3. know by experience: faigh a mach, fairich, aithnich. 4. discover by study or attention: faigh a mach. 5. gain by any mental endeavour: faigh, buannaich. 6. detect: glac, faigh. 6. reach, attain: ruig. 8. meet: tachair air, faigh. 9. determine by judicial verdict: faigh, comh-dhùin. 10. supply, furnish: builich air, cum a suas. 11. purpose: rùnaich, dùraig. 12. find *himself:* bi, fairich. 13. find *out:* faigh a mach.
Finder, *s.* 1. One that meets or falls upon any thing: fear-faotainn. 2. a discoverer, an inventor: fear-faotainn a mach.
Findfault, *s.* Cronadair.
Finding, *s.* 1. Discovery by study: faotainn a

mach. 2. discovery by chance: faodail. 3. (in law), the return made by the jury to the bill of indictment: comh-dhùnadh, breitheanas.

Fine, *adj.* 1. Not coarse: grinn, fìnealta, caol. 2. refined, pure, free from dross: glan, fìor-ghlan, fìnealta, neo-thruaillte. 3. subtile, thin: caol, tana. 4. refined, subtilely excogitated: grinn, fìnealta. 5. keen, thin: geur, tana. 6. clear, pellucid, transparent: glan, fìor-ghlan, soilleir. 7. nice, exquisite: grinn, fìnealta. 8. artful, dextrous: seòlta, teòma, deas. 9. fraudulent, sly: carach, cuilbheartach. 10. elegant, beautiful: grinn. 11. applied to persons: grinn, fìnealta, maiseach, sgiamhach. 12. accomplished: grinn, ionnsaichte. 13. showy, splendid: breagha. 14. taper, slender: caol, grinn, fìnealta.

Fine, *s.* 1. A mulct, a pecuniary punishment: ùmhladh. 2. penalty: peanas. 3. conclusion: crìoch, ceann mu dheireadh.

Fine, *v. a.* et *n.* 1. Refine, purify: glan, sgùr, dean fìnealta, ath-ghlan. 3. make less coarse: dean fìnealta, dean mìn, caolaich. 3. make transparent: dean trid-shoilleir. 4. punish with pecuniary penalty: leag ùmhladh. 5. pay a fine: thig fuidh ùmhladh.

Finefingered, *adj.* Grinn, lamhchair, ealanta, snasmhor.

Finely, *adv.* See Fine, *adj.*

Fineless, *adj.* Neo-chrìochnaich.

Fineness, *s.* 1. Elegance, beauty: grinnead, fìnealtachd, grinneas, boidhchead, maise, eireachdas. 2. show, splendour: breaghachd, rìomhadh. 3. subtility, artfulness, ingenuity: carachd, cuilbheartachd. 4. purity, freedom from dross: gloine, fìnealtachd. 5. smoothness: mìnead, caoilead.

Finer. *s.* Fear-glanaidh mheiteilean, òr-cheard.

Finery, *s.* Breaghachd, rìomhadh.

Finespoken, *adj.* Beulchair, beul-chainnteach.

Finespun, *adj.* Fìnealta.

Finesse, *s.* Car, cleas.

Finger, *s.* 1. The flexible member of the hand: meur. 2. the hand: làmh. 3. *the thumb:* òrdag. The fore *finger*: colag, corrag. The middle *finger*: meur meadhoin. The fourth *finger:* màthair na lùdaig. The little *finger:* lùdag.

Finger, *v. a.* 1. Touch lightly: meuraich, làimhsich. 2. touch an instrument of music: meuraich, cluich air. 3. perform any work exquisitely with the fingers: dean gu fìnealta.

Fingered, *adj.* Meurach.

Fingering, *s.* 1. The act of touching lightly: meurachadh. 2. the manner of touching an instrument of music: meurachadh, cluich le meòir. 3. work exquisitely performed with the fingers: obair fhìnealta.

Finical, *adj.* Grinn, gogaideach, leòmach, moiteil, cùirteil, spòrsail.

Finically, *adv.* See Finical.

Finicalness, *s.* Gogaideachd, leòmachd, moit, cùirteas.

Finish, *v. a.* 1. Bring to the end proposed: crìochnaich, thoir gu crìch. 2. make perfect: coimhlìon, crìochnaich, dean foirfe. 5. end, put an end to: crìochnaich, thoir gu ceann.

Finisher, *s.* Fear-crìochnachaidh, crìochnuiche, fear-coimhlionaidh.

Finishing, *s.* Crìochnachadh, crùnadh.

Finite, *adj.* Crìochnach, crìochnaichte.

Finiteless, *adj.* Neo-chrìochnach, bith-bhuan.

Finitely, *adv.* See Finite.

Finiteness, Finitude, } *s.* Crìochnuicheachd.

Finless, *adj.* Gun itean.

Finny, *adj.* Iteach, air am bheil itean.

Fin-toed, *adj.* Clàr-chasach.

Fipple, *s.* Àrcan.

Fir, *s.* Giubhas.

Fir-tree, *s.* Craoibh-ghiubhais.

Fire, *s.* 1. The igneous element: teine. 2. any thing burning: teine, gealbhan, eibhle. 3. a conflagration of towns or countries: losgadh, comhlosgadh. 4. flame, light, lustre: lasar, solus, dèarrsadh. 5. torture by fire: losgadh. 6. any thing provoking: teas, ain-teas. 7. ardour of temper, violence of passion: teas, ain-teas, dealas, braise. 8. liveliness of imagination: teine. 9. the passion of love: teine, lasar. 10. eruption, as St. Anthony's fire: teine dé. 11. set on *fire:* cuir ri theine.

Fire, *v. a.* et *n.* 1. Set on fire, kindle: cuir 'n a theine, cuir ri theine, loisg. 2. inflame the passions, animate: cuir 'n a theine, fadaidh, beothaich, bruidich. 3. drive by fire: ruaig le teine. 4. cauterize: loisg. 5. take fire: bi ri theine, gabh teine. 6. be inflamed with passion: loisg, bi air bàinidh, bi air braise. 7. discharge any fire-arms: loisg, tilg.

Firearms, *s.* Airm-theine, acfhuinn-theine.

Fireball, *s.* Meall-teine, peileir-teine.

Firebrand, *s.* 1. A piece of wood kindled. caoirtheine, aithine. 2. an incendiary: fear-aimhreit, culaidh bhuairidh, speachair.

Firebrush, *s.* Sguabach teallaich.

Firecross, *s.* Crois-tàra, crois-tàraidh, crann-tàra.

Firedrake, *s.* Drèag.

Firelock, *s.* Gunna, musgaid, gunna-glaic.

Fireman, *s.* 1. One who is employed to extinguish burning houses: fear-casg teine. 2. a man of violent passions: duine crosda, fear-droch-mheinneach.

Fire-office, *s.* Bùth luchd dìolaidh teine.

Firepan, *s.* 1. A pan for holding fire: aghann theine. 2. (in a gun) the receptacle for the priming powder: lagan, toll cluaise.

Firer, *s.* Losgadair, fear-cur 'n a theine.

Fireship, *s.* Soitheach-teine, lorg-theine.

Fireshovel, *s.* Sluasaid grìosaich, sgumrag.

Fireside, *s.* Taobh an teine, teinntean, teallach.

Firestick, *s.* Aithine, bior teine.

Firestone, *s.* Clach-theine.

Firewood, *s.* Connadh, fiodh teine, bradhadair, crìonach.

Firework, *s.* Obair-theine.

Firing, *s.* 1. Fuel: connadh, cual, mòine, crìonach. 2. shooting: tilgeadh, losgadh.
Firk, *v. a.* Buail, smachdaich, sgiùrs.
Firkin, *s.* Feircin, buideal mòr.
Firm, *adj.* 1. Strong, not easily pierced or shaken: daingeann, làidir, teann. 2. constant, steady: seasmhach, diongmholta, bunaiteach. 3. solid: diongmholta, neo-ghluasadach.
Firm, *s.* Comunn, buidheann.
Firm, *v. a.* 1. Settle, confirm: suidhich, socraich, daingnich, teannaich. 2. fix without wandering: suidhich, socraich.
Firmament, *s.* Speur, iarmailt, adhar, nèamh.
Firmamental, *adj.* Iarmailteach, adharach, adharail, speurach, nèamhaidh.
Firmly, *adv.* See Firm, *adj.*
Firmness, *s.* 1. Hardness, compactness, solidity: daingneachd, greimealas. 2. durability: maireannachd, seasmhachd. 3. certainty, soundness: cinnteas, diongmholtas. 4. steadiness, constancy: seasmhachd, diongmholtas, cunbhalachd, cunbhalas, bunailteachd.
First, *adj.* 1. The ordinal of one: ceud, ceudamh. 2. earliest in time: ceud. 3. foremost in place: ceud, an tùs, an toiseach. 4. highest in dignity: ceud, prìomh. 5. great, excellent: mòr, sàr, gasda.
First, *adv.* 1. Before any thing else: air tùs, an toiseach, roimhe. 2. before any other consideration: an toiseach, roimh, anns a' cheud àite. 3. *first or last:* nise no rìs.
First-begotten, *s.* Ceud-ghin.
First-born, *s.* Ceud-ghin.
First-born, *adj.* A 's sine.
First-fruits, *s.* Ceud-thoradh.
Firstling, *adj.* Ceud.
Firstling, *s.* 1. The first produce, or offspring: ceud-ghin. 2. the first thing thought or done: toiseach, a' cheud ni.
Firstrate, *adj.* Taghta, gasda.
Fiscal, *s.* 1. Exchequer, revenue: cìs na rìoghachd. 2. a treasurer: ionmhasair.
Fiscal, *adj.* Ionmhasach, a bhuineas do dh' ionmhas na rìoghachd.
Fish, *s.* Iasg.
Fish, *v. a.* et *n.* 1. Search water in quest of fish: iasgaich, sir. 2. be employed in catching fishes: bi 'g iasgach. 3. endeavour at any thing by artifice: iasgaich, bi 'g iasgach.
Fish-hook, *s.* Dubhan iasgaich.
Fish-pond, *s.* Poll-éisg, poll-iasgaich, iasg-loch, lochan-éisg.
Fisher, *s.* Iasgair.
Fisherboat, *s.* Bàt'-iasgaich.
Fisherman, *s.* Iasgair.
Fishertown, *s.* Bail' iasgaich.
Fishery, *s.* Iasgach, iasgaireachd.
Fishful, *adj.* Làn éisg, iasgmhor.
Fishing, *s.* Iasgach, iasgaireachd.
Fishkettle, *s.* Coir'-éisg, aghann-éisg.
Fishmeal, *s.* Teachd beò air iasg.
Fishmonger, *s.* Iasgair, fear reic éisg.
Fishspear, *s.* Muirgheadh.
Fishwife, Fishwoman, } *s.* Bean-reic-éisg, cailleach éisg.
Fishy, *adj.* Mar iasg.
Fissile, *adj.* Sgoilteach, so-sgoltaidh.
Fissure, *s* Sgoltadh, sgàineadh, gàg.
Fissure, *v. a.* Sgoilt, sgàin.
Fist, *s.* Dòrn.
Fist, *v. a.* 1. Strike with the fist: dòrn, cnap. 2. any short return after intermission: greis, tacan. 3. any violent affection of body or mind: greis àmhghair. 4. disorder, distemperature: tinneas, buaireas. 5. the hysterical disorders of women: neul, paisean, dol seachad.
Fit, *adj.* 1. Qualified, proper: iomchuidh, freagarrach. 2. convenient, meet, proper: iomchuidh, cubhaidh, cothromach, freagarrach.
Fit, *v. a.* et *n.* 1. Accommodate to any thing: dean freagarrach, dean iomchuidh. 2. accommodate a person with any thing, furnish: uidheamaich, cuir an uidheam. 3. fit *up:* cuir an òrdugh, ceartaich. 4. be proper, be becoming: bi cubhaidh, bi iomchuidh, bi freagarrach.
Fitch, *s.* Peasair-luchaig, peasair fhiadhaich.
Fitchat, Fitchew, } *s.* Feòchullan.
Fitful, *adj.* Tinn, làn ghreisean tinneis.
Fitly, *adv.* See Fit, *adj.*
Fitness, *s.* 1. Propriety, meetness, justness: freagarrachd, comh-freagarrachd, iomchuidheachd, cubhaidheachd. 2. convenience: deisealachd, freagarrachd.
Fitter, *s.* Fear-ceartachaidh, fear-uidheamachaidh.
Fittingly, *adv.* Gu freagarrach, gu cubhaidh.
Fitz, *s.* Mac dìolain.
Five, *adj.* Cùig, còig.
Fivebar, Fivebarred, } *adj.* Air am bheil cùig croinn.
Fivefold, *adj.* Cuig-filltean.
Fix, *v. a.* et *n.* 1. Make fast, firm, or stable: suidhich, socraich, daingnich, dean teann, spàrr. 2. settle, establish invariably: suidhich. 3. direct, without variation: suidhich, beachdaich. 4. deprive of volatility: suidhich. 5. pierce, transfix: sàth, troimh-lot. 6. settle the opinion: socraich, gabh suidheachadh. 7. rest, cease to wander: gabh tàmh, gabh fois.
Fixation, *s.* See Fixedness.
Fixedly, *adv.* Gu suidhichte, gu daingeann, gu neo-ghluasadach.
Fixedness, *s.* 1. Stability, firmness: suidheachadh, maireachduinn, seasmhachd. 2. want or loss of volatility: daingneachd, dùire, dùiread. 3. solidity, coherence of parts: daingneachd, dùire, dùiread. 4. steadiness, settled opinion or resolution: bunailteachd, diongmholtachd, seasmhachd.
Fixture, *s.* Ni tàirngte.
Fixure, *s.* Suidheachadh.
Fizgig, *s.* Gath éisg, seòrsa muirgheadh.
Flabby, *adj.* Bog, maoth, fleoidhte, neo-ghramail.

Flaccid, *adj.* Lag, tais, neo-ŕag, anfhann, maoth, fleoidhte.
Flaccidity, *s.* Anfhainne, laigse.
Flag, *v. a.* et *n.* 1. Let fall into feebleness : anfhannaich, lagaich. 2. lay with broad stones : còmhdaich le leacaibh. 3. hang loose without stiffness or tension : croch air bhogadan, croch air udal. 4. grow spiritless or dejected : fàs lag, caill treòir, fannaich.
Flag, *s.* 1. A water plant with a bladed leaf and yellow flower : seilisdeir, cuilc. 2. the colours or ensigns of a ship, or land forces : bratach. 3. a species of stone used for smooth pavements : leac.
Flag-broom, *s.* Leac-sguabach.
Flag-officer, *s.* Fear-brataich.
Flag-ship, *s.* Long an àird cheannaird.
Flagelet, *s.* Duisiol beag, feadan.
Flagellate, *v. a.* Sgiùrs, gréidh.
Flagellation, *s.* Sgiùrsadh, gréidheadh.
Flagginess, *s.* Anfhainne, laigse.
Flaggy, *adj.* 1. Weak, lax, limber : lag, sùbailt, fuasgailt, anfhann, fleoidhte. 2. weak in taste, insipid : lag, neo-bhlasda.
Flagitious, *adj.* 1. Wicked, villanous : aingidh, drochmhuint, olc, coirbte. 2. guilty of crimes : ciontach, aingidh.
Flagitiousness, *s.* Aingidheachd, slaightearachd, coirbteachd.
Flagon, *s.* Copan, soitheach, placaid.
Flagrancy, *s.* 1. Burning, heat, fire : teas, ainteas. 2. notoriousness, glaring impudence : aingidheachd, slaightearachd, coirbteachd.
Flagrant, *adj.* 1. Ardent, burning : teth, deothasach, dùrachdach, dealasach, beothail. 2. glowing, flushed : blàth, teth. 3. red : dearg, lasarra teinnteach. 4. notorious, flaming into notice : folluiseach, soilleir, anabarra, fuathasach, amasguidh.
Flagrantly, *adv.* See Flagrant.
Flagration, *s.* Losgadh.
Flagstaff, *s.* Crann-brataich.
Flail, *s.* Buailtein, sùist.
Flake, *s.* 1. Any thing that appears loosely held together like a flock of wool : lòine, lòineag, tlàm, topan. 2. a stratum : breath, sreath.
Flaky, *adj.* 1. Loosely hanging together : lòineagach, tlàmach, fuasgailte. 2. laying in layers or strata : 'n a bhreathan.
Flam, *s.* Breug, leisgeul meallta.
Flambeau, *s.* Leus, blinćein.
Flame, *s.* 1. Light emitted from fire : lasair. 2. fire : teine, lasair. 3. ardour of temper : teas inntinn, braise, déine, teine. 4. ardour of inclination : miann, gaol.
Flame, *v. a.* et *n.* 1. Inflame : las, cuir 'n a theine, beothaich. 2. shine as fire : las, dealraich. 3. shine like flame : dealraich, boilsg. 4. break out in violence of passion : las le fearg.
Flame-colour, *s.* Dath na lasrach.
Flame-coloueed, *adj.* Air dhath na lasrach.
Flame-eyed, *adj.* Dearg-shùileach.
Flamen, *s.* Sagart.
Flaming, *s.* Lasair, lasadh.
Flamingly, *adv.* Gu lasrach, gu lasail.
Flammation, *s.* Lasadh, losgadh, cur ńa theine.
Flammability, *s.* Lasantachd.
Flammiferous, *adj.* Lasach, lasail, lasrach, teinntidh, loisgeach.
Flamy, *adj.* Lasach, lasrach, lasanta, loisgeach, teinntidh.
Flank, *s.* 1. That part of the side of a quadruped near the thigh : leis, ceathramh deiridh, lochbhlèin. 2. (in men) the lateral part of the lower belly : leasraidh, loch-bhlèin. 3. the side of an army or fleet : taobh, slios.
Flank, *v. a.* 1. Attack the side of a battalion or fleet : thoir ionnsuidh air taobh. 2. secure on the side : dìon taobh.
Flannel, *s.* Aodach mìn-clòimhe, cùrainn.
Flap, *s.* Libeag, cluas, bad air chrathadh, clib, clibeag.
Flap, *v. a.* et *n.* 1. Beat with a flap : buail air falbh, buail le bad. 2. move with a flap or noise : crath, buail le farum. 3. ply the wings with noise : sgiathalaich. 4. fall with flaps or broad parts depending : leig sios 'n a libeig.
Flapeared, *adj.* Spad-chluasach.
Flapmouthed, *adj.* Liobach.
Flare, *v. a.* Dealraich, dèarrs, boilsg, soillsich gu loiseamach.
Flash, *s.* 1. A sudden blaze : boilsgeadh, dreòs, dèarsadh, lasadh, 2. sudden burst of wit or merriment : grad fhocal àbhachdach. 3. a body of water driven by violence : caoir.
Flash, *v. a.* et *n.* 1. Strike up large bodies of water from the surface : cuir 'n a chaoirean, caith suas, sgiot. 2. trick up in a showy manner : càirich gu loiseamach. 3. glitter : dealraich, dèarrs, boilsg. 4. burst out into any kind of violence : bris a mach.
Flasher, *s.* Spailpean, lasgair, fear spaideil.
Flashily, *adv.* See Flashy.
Flashy, *adj.* 1. Empty, not solid : lòinneach, loiseamach, faoin, sgòdach. 2. insipid, without force or spirit : lag, neo-bhlasda, fleoidhte. 3. plashy : spliutach, sgiotach.
Flask, *s.* 1. A bottle, a vessel : searrag, còrn, soitheach. 2. a powder-horn : adharc fhùdair.
Flasket, *s.* 1. A vessel in which viands are served : searrag dhibhe. 2. a long shallow basket : bascaid eu-domhain.
Flat, *adj.* 1. Horizontally, level without inclination : còmhnard. 2. smooth, without protuberances : réidh, còmhnard, mìn. 3. not elevated, fallen, not erect : ìosal, sìnte, leagta. 4. level with the ground : ìosal, gu làr, leagta. 5. tasteless, insipid : neo-bhlasda, fleoidhte, neo-bhrisg, tais. 6. dull, unanimated, frigid : trom, cianail, neo-chridheil, neo-smiorail. 7. peremptory, absolute, downright : buileach, as an aghaidh. 8. not shrill, not acute : trom, neo-bhinn, neo-fhonnmhor.
Flat, *s.* 1. A level : còmhnard, réidhlean. 2. even ground, not mountainous : còmhnard, dail, lòn,

réidhlean, fearann ìosal. 3. smooth, low ground exposed to inundations: fearann ìosal, còmhnard. 4. shallow strand: tràigh, àite tana. 5. the broad side of a blade: còmhnard, taobh. 6. depression of thought or language: neo-bhrisgead, marbhantachd. 7. a surface without relief or prominences: còmhnard, réidhlean, dail.

Flat, *v. a.* et *n.* See Flatten.

Flat-bottomed, *adj.* Màsach, còmhnard 's an urlar.

Flatly, *adv.* See Flat. *adj.*

Flatness, *s.* 1. Evenness: còmhnardachd, réidhcachd. 2. deadness, insipidity: marbhantachd, neo-bhlasdachd, neo-bhrisgead. 3. dejection of mind, want of life: neo-bheathalachd, marbhantachd, neo-smioralachd. 4. the contrary to shrillness or acuteness of sound: neo-fhonmhorachd.

Flatten, *v. a.* et *n.* 1. Make even or level: dean còmhnard, dean réidh. 2. beat down to the ground: leag sìos, leudaich, dean leathan. 3. make vapid: taisich, dean neo-bhlasda, dean bog. 4. deject, depress: mi-mhisnich, cuir fuidh sprochd. 5. grow even or level: fàs còmhnard, fàs réidh. 6. grow dull and insipid: fàs neo-bhlasda, fàs tais.

Flatter, *s.* Còmhnardaiche.

Flatter. *v. a.* 1. Sooth with blandishments: brosguil, dean miodal, dean sodal. 2. praise falsely: brosguil, dean miodal, dean sodal, mol gu breugach, dean blanndar. 3. please, sooth: breug. 4. raise false hopes: cuir an dòchas, meall.

Flatterer, *s.* Sodalach, fear-miodail, fear-miolaisg, fear beulchair, fear-gabhainn.

Flatteringly, *adv.* Gu miodalach, gu sodalach, gu carach, gu lùbach.

Flattery, *s.* Miodal, sodal, miolasg, gabhann, beulchair, blanndar, brosgul.

Flattish, *adj.* Còmhnard, réidh.

Flatulency, *s.* 1. Windiness, fulness of wind: gaothmhorachd, gaoth cuim. 2. emptiness, vanity: falaimhead, faoineachd, dìomhanas.

Flatulent, *adj.* 1. Turgid with air, windy: gaothmhor, atmhor. 2. empty, vain: falamh, faoin, gaoitheanach, gòrach.

Flatuous, *adj.* Gaothmhor, làn gaoithe.

Flatus, *s.* 1. Wind gathered in any cavities of the body: gaoth cuim, brùchd. 2. a breath, a puff: anail, toth.

Flaunt, *v. n.* Bi loiseamach, bi loinneach, bi basdalach.

Flaunt, *s.* Basdal, loiseam.

Flavour, *s.* Blas, boladh cùbhraidh, boltrach.

Flavorous, *adj.* 1. Delightful to the palate: blasda, milis. 2. fragrant, odorous: cùbhraidh, taitneach do 'n bholadh.

Flavoured, *adj.* Cùbhraidh, deadh-bhlasda, blasda.

Flaw, *s.* 1. A crack or breach in any thing: gàg, sgàineadh, sgoltadh, bristeadh. 2. a fault, defect: deireas, ciorram, cron, coire, meang, easbhuidh. 3. a tumult, a tempestuous uproar: aimhreit, troimh chéile. 4. a sudden commotion of mind: troimh chéile.

Flaw, *v. a.* Gàg, sgoilt, sgàin, bris.

Flawless, *adj.* Slàn, fallain, gun mheang.

Flawy, *adj.* Gàgach, sgàinteach.

Flax, *s.* Lìon.

Flax-comb, *s.* Cìr-lìn, seiceal.

Flaxdresser, *s.* Seiclear.

Flaxen, *adj.* 1. Made of flax: de lìon, lìn. 2. fair, long and flowing: mar lìon, fada, réidh.

Flay, *v. a.* Fionn, feann, thoir an craiceann deth.

Flayer, *s.* Fear-fionnaidh.

Flea, *s.* Deargann.

Fleabite, / Fleabiting, } *s.* Piocadh deargainn, teum deargainn.

Fleabitten, *adj.* 1. Stung by fleas: pioeta le deargannaibh. 2. mean, worthless: dìblidh, suarach.

Fleak, *s.* See Flake.

Fleam, *s.* Cuisleag cruidh, tuadh-fhola.

Fleck, / Flecker, } *v. a.* Breac, ballaich, stiallaich, dean eug-samhuil.

Fledge, *adj.* Iteagach, cleiteach, sgiathach.

Fledge, *v. a.* Iteagaich, còmhdaich le iteagaibh.

Flee, *v. n.* Teich, tàir as, ruidh, gabh an teicheadh.

Fleece, *s.* Rùsg, lomradh, lomairt.

Fleece, *v. a.* 1. Clip the fleece of a sheep: rùisg, lomair. 2. strip, pull, plunder: rùisg, lomair, spùinn, creach. 3. whiten, spread over as with wool: gealaich, dean geal.

Fleeced, *adj.* Air am bheil rùsg.

Fleecer, *s.* Lomartair.

Fleecy, *adj.* 1. Wooly, covered with wool: clòimheach, ollach. 2. of a light colour, pale: soilleir, bàn.

Fleer, *v. a.* et *n.* 1. Mock, flout: mag, sgeig, fochaidich. 2. mock, jibe: dean magadh, bi fochaid.

Fleer, *s.* 1. Mockery expressed either in words or looks: fochaid, magadh, sgeig, fanaid. 2. a deceitful grin of civility: gàire fanaid, dréin fhochaid.

Fleerer, *s.* Sgeigeir, fanaidiche, fear-fochaid.

Fleet, *s.* 1. A bay: camus, geotha. 2. a company of ships, a navy: cabhlach, loingeas.

Fleet, *adj.* Luath, grad, siùbhlach, ealamh, clis, beothail.

Fleet, *v. n.* Siùbhail grad, ruidh, itealaich.

Fleetfoot, *adj.* Luath-cheumnach, luatbailteach.

Fleeting, *adj.* Siùbhlach, neo-mhaireannach, diombuan.

Fleetingdish, *s.* Sgumadair.

Fleetly, *adv.* See Fleet, *adj.*

Fleetness, *s.* Luathailt, luathailteachd, ealamhachd, luathas, siùbhlachd.

Flesh, *s.* 1. The body of a man, beasts, or birds: feòil. 2. animal food, or animal nature: feòil. 3. carnality, corporal appetites: feòil, feòlmhorachd. 4. near relation: feòil. 5. the outward or literal sense: feòil.

Flesh, *v. a.* 1. Initiate: tòisich, thoir fuil do. 2. harden: cruadhaich. 3. glut, satiate; sàsaich, lìon, glaim.

Fleshbroth, *s.* Brochan feòla, canraich.

Fleshcolour, *s.* Feòil-dhath.

Fleshfly, *s.* Cuileag fheòla, feòil-chnoidheag

Fleshful, *adj.* Reamhar, feòlmhar.
Fleshhook, *s.* Cromag fheòla, gréimiche feòla.
Fleshiness, *s.* Feòlmhorachd, feòlmhoireachd, reamhrachd.
Fleshless, *adj.* Feòil-theirc, gun fheòil.
Fleshliness, *s.* Feòlmhorachd, feòlmhoireachd, macnus.
Fleshly, *adj.* 1. Corporeal: corporra, feòlmhor. 2. carnal, lascivious: feòlmhor, macnusach. 3. animal, not vegetable: feòlmhor. 4. human, not celestial: corporra, feòlmhor, talmhaidh. 5. fat, full of flesh: reamhar, sultmhor.
Fleshmeat, *s.* Biadh-feòla, feòil.
Fleshmonger, *s.* Feòladair.
Fleshpot, *s.* Poit fheòla, coire feòla.
Fleshy, *adj.* 1. Plump, full of flesh: feòlmhor, reamhar, làn, sultmhor. 2. corporeal: corporra, talmhaidh.
Fletcher, *s.* Fleisdear, leisdear.
Flew, *s.* Blad madaidh, spreill tollair.
Flewed, *adj.* Bladach, craosach, spreilleach, gnosach.
Flexibility, *s.* 1. The quality of admitting to be bent: sùbailteachd. 2. easiness to be persuaded: soimeachd, saidealtachd.
Flexible, *adj.* 1. Possible to be bent: sùbailte, so-lùbaidh, so-chamaidh. 2. not rigid, complying: sùbailte, so-lùbaidh, so-ghéillidh, so-chomhairleachaidh, soimeach, so-aomaidh.
Flexion, *s.* 1. The act of bending: cromadh, lùbadh, camadh. 2. a double, part bent, joint: cromadh, lùb, alt. 3. a turn towards any part or quarter: car, claonadh.
Flexor, *s.* Feòil chrupaidh.
Flexuous, *adj.* 1. Winding, full of meanders: lùbach, luibeach, cam, snìomhain. 2. bending, not straight: cam, crom, fiar, caochlaideach, neo-sheasmhach, mùiteach.
Flexure, *s.* 1. The act of bending, or the form in which any thing is bent: fiaradh, camadh, cromadh, lùbadh, claonadh. 2. the joint: alt, lùbadh.
Flicker, *v. n.* See Flutter.
Flier, *s.* See Flyer.
Flight, *s.* 1. The act of flying or running from danger: teicheadh, ruaig, dol air theicheadh. 2. the act of using wings, volation: itealaich, falbh air sgiathan. 3. a flock of birds flying together: ealtainn, ealt-eun. 4. the birds produced in the same season: ealt, linn, àl. 5. a volley, a shower: fras. 6. heat of imagination: teas inntinn, àrd-smuain. 7. excursion on the wing: falbh air iteag.
Flight-shot, *s.* Urchair saighde.
Flightiness, *s.* Neo-sheasmhachd, luaineachd.
Flighty, *adj.* 1. Fleeting, swift: luath, siùbhlach, astarach. 2. wild, full of imagination: fiadhaich, luaineach luasganach, neo-sluidhichte, neo-bhunailteach, caochlaideach, mac-meanmnach.
Flimsiness, *s.* Breòchdladh, cearbalachd.
Flimsy, *adj.* 1. Weak, feeble, without strength of texture: lag, faoin, neo-ghramail, anfhann, neo-sgoinneil, cearbach. 2. mean, spiritless: brònach, breòite, gun treòir, gun spiorad, gun lùth.
Flinch, *v. n.* 1. Shrink from any suffering or undertaking: sèap, fannaich, cùb, crup. 2. fail: fàilnich, dìobair.
Flincher, *s.* Sèapair, cladhair, gealtair.
Fling, *v. a.* et *n.* 1. Cast from the hand: tilg, thoir urchair. 2. dart, cast with violence: thoir urchair, bonnsaich. 3. scatter: sgap, sgaoil, crath. 4. drive by violence: buail air aghairt. 5. fling *away:* tilg uait. 6. fling *down,* demolish: dith-làraich. 7. fling *off:* tilg dheth. 8. flounce, wince: tilg, thoir leum. 9. fling *out:* fàs neo-cheannsaichte.
Fling, *s.* 1. A throw, a cast: tilgeadh, urchair. 2. a gibe, a sneer: fochaid, tilgeachan, inisg, athais.
Flinger, *s.* 1. He who throws: fear-tilgidh. 2. he who jeers: fochaidiche, sgeigear, fear-thilgeachan.
Flint, *s.* Ailbhinn, spor, clach-theine, airtein.
Flint-hearted, *adj.* Cruaidh-chridheach, an-iochdmhor.
Flinty, *adj.* 1. Made of flint, strong: cruaidh mar ailbhinn. 2. full of stones: clachach. 3. hard of heart, cruel: cruaidh-chridheach, an-iochdmhor.
Flippancy, *s.* Beulchaireachd, leogaireachd.
Flippant, *adj.* 1. Nimble, moveable: luath-bheulach, grad-fhoclach, bruidhneach. 2. pert, petulant: gobach, lonach, làdasach, peasanach, bruidhneach, beag-narach, beadaidh.
Flippantly, *adv.* See Flippant.
Flirt, *v. a.* et *n.* 1. Throw any thing with a quick elastic motion: tilg, thoir urchair ghrad. 2. throw out words carelessly: dean gobaireachd. 3. move with quickness: gluais gu siùbhlach. 4. jeer: mag, sgeig, fochaidich. 5. run about perpetually: bi air mhire, bi luaineach.
Flirt, *s.* 1. A quick elastic motion: lùth-chleas, grad char, bladhm. 2. a pert young hussy: gòdag, sgaog, gogaid, goileag, leòdag. 3. a jeer, a gibe: inisg, tilgeachan, beum.
Flirtation, *s.* Gogaideachd, beadradh.
Flit, *v. a.* et *n.* 1. Remove out of its place: cuir imrich, imrich. 2. fly away: teich, tàir as. 3. remove: rach imrich, imreimnich. 4. flutter: itealaich. 5. be unstable: bi luasganach, bi luaineach.
Flitch, *s.* Cliathach shaillte muic.
Flitter, *s.* Bad.
Flittermouse, *s,* Ialtag, dialtag.
Flitting, *s.* 1. An offense, a fault, a failure: cron, lochd, coire. 2. removal: imrich.
Flix, *s.* Fionnadh, cleit.
Float, *v. a.* et *n.* 1. Cover with water: plod, còmhdaich le uisge, cuir air fleodradh. 2. swim on the surface of the water: plòd, snàmh, bi air fleodradh. 3. move without labour in a fluid: snàmh, bi air fleodradh.
Float, *s.* 1. Any body so contrived and formed as to swim upon the water: fleodruinn, flod, ràth. 2. the cock or quill by which the angler discovers the bite of a fish: àrcan driamlaich. 3. a cant word for a level: còmhnard. 4. a wave: tonn.
Floater, *s.* Snàmhaiche, fleodruinn.
Floating, *s.* Fleodradh, cur air snàmh, flodadh.

Floaty, *adj.* Snàmhach.
Flock, *s.* 1. A company: ealt, ealta, baidne, grunnan, greigh. 2. a company of sheep: treud. 3. a body of men: cuideachd, comh-choinneachadh, buidheann. 4. a lock of wool: lòineag, toban.
Flock, *v. n.* Trus, tionail, cruinnich.
Flood, *s.* 1. A body of water, the sea, a river: muir, cuan, amhainn. 2. a deluge, an inundation: tuil, dìle, dìl. 3. flow, flux: lìonadh, dìle. 4. the general deluge: an tuil, an dìle. 5. catamenia: ruith-fola.
Flood, *v. a.* Tuilich, còmhdaich le uisge.
Floodgate, *s.* Tuil-dhorus.
Floodmark, *s.* Dubh-chladach, àirde làin mara.
Flook, *s.* 1. The broad part of the anchor which takes hold of the ground: fiacail acaire. 2. a flounder: leòbag.
Floor, *s.* Urlar, làr.
Floor, *v. a.* Cuir ùrlar ann.
Flooring, *s.* Urlar.
Flop, *v. a.* See Flap, *v. a.*
Floral, *adj.* Lusach, plùranach.
Florid, *adj.* 1. Production of flowers: lusach, plùranach. 2. bright in colour: ùrail, dearg, ruiteach, ruiteagach. 3. embellished, splendid: sgiamhach, breagha.
Floridly, *adv.* See Florid.
Fvoridness, *s.* 1. Freshness of colour: ruiteachas, ùraireachd, deirge. 2. vigour, spirit: beothalachd, smioralachd. 3. embellishment: breaghachd.
Floriferous, *adj.* Lusach, plùranach.
Florist, *s.* Lusragan.
Florulent, *adj.* Plùranach, lusach.
Flota, } *s.* Loingeas, cabhlach.
Flotilla, }
Flounce, *v. a.* et *n.* 1. Deck with flounces: cuir oir ri, cuir froinis ri. 2. move with violence in the water or mire; spliut, sgiot, spairt. 2. move with tumult: siubhail gu làidir.
Flounce, *s.* 1. Any thing sewed to the garment, and hanging loose, so as to swell and shake: froinis. 2. a dash in the water: plub, sgiotadh, spliutadh.
Flounder, *s.* Leòbag, lèabag.
Flounder, *v. n.* Dean spàirn, dean ùspairt, spairt.
Flour, *s.* Min chruinnichd, plùr.
Flourish, *v. a.* et *n.* 1. Adorn with vegetable beauty: cuir fuidh bhlàth. 2. adorn with figures of needle-work: cuir obair ghréis air. 3. move any thing in quick circles or vibrations: luaisg, crath gu fraoidhneasach. 4. adorn, embellish, grace: sgiamhaich, maisich, breaghaich. 5. be in vigour, fade not: fàs suas, bi fuidh bhlàth. 6. be in a prosperous state: soirbhich. 7. use florid language: bi àrd-ghlòireach. 8. boast, brag: dean spagluinn, dean uaill.
Flourish, *s.* 1. Vigour, state of strength or prosperity: soirbheachadh, slàinte. 2. bravery, beauty, ambitious splendour: mòrachd, maise, glòir. 3. an ostentatious embellishment: breaghachd, basdal, fraoidhneas. 4. a blossom: blath, ùr-fhas, duilleachadh.
Flourisher, *s.* Fear-soirbheachaidh.
Flourishing, *adj.* A' soirbheachadh.
Flourishingly, *adv.* See Flourishing.
Flout, *v. a.* et *n.* 1. Mock, insult: sgeig, mag, fochaidich. 2. practise mockery: dean sgeig, bi sgeigearachd, dean fochaid, dean fanaid.
Flout, *s.* Magadh, fochaid, tàir, fanaid.
Flouter, *s.* Sgeigear, fanaidiche.
Flow, *v. a.* et *n.* 1. Overflow, deluge: tuilich, còmhdaich le uisge. 2. run or spread as water: ruith, sil, cuir thairis. 3. run, opposed to standing waters: ruith, sil. 4. rise, not ebb: éirich, at. 5. melt: leagh, sil. 6. proceed, issue: ruith, thig a mach. 6. glide smoothly: sil. 7. abound: bi pailt. 8. hang loose and waving: bi sgaoilteach.
Flow, *s.* 1. The rise of water, not the ebb: lìonadh, éiridh, sruth, tuil. 2. a sudden plenty or abundance: pailteas, lànachd. 3. a stream of diction: sruth, àrd-ghlòir, deas-chainnt.
Flower, *s.* 1. The part of a plant which contains the seed: blàth, ùr-fhàs, barr-guc, plùr. 2. an ornament, an embellishment: maise, breaghachd. 3. the prime, the flourishing part: a' chuid a 's fèarr, bàrr, taghadh. 4. the edible part of corn, the meal: min.
Flower de luce, *s.* Seilisdeir.
Flower, *v. a.* et *n.* 1. Adorn with imitated flowers: blàth-oibrich, cuir obair ghréis air. 2. be in flower: bi fuidh bhlàth, cuir a mach blàth. 3. be in the prime, flourish: soirbhich, fàs gu h-ùrair. 4. froth: cop. 5. come as cream from the surface: tuit bhàrr uachdair, thig dheth.
Floweret, *s.* Flùran, plùran.
Flower-garden, *s.* Gàradh phlùran.
Floweriness, *s.* 1. The state of abounding in flowers: plùranachd. 2. floridness of speech: ùr-labhairt ùr-labhradh.
Flowerless, *adj.* Gun bhlàth, gun bharr-guc.
Flowery, *adj.* Flùranach, plùranach, gucagach.
Flowingly, *adv.* Gu pailt, gu saoibhir, gu deas-bhriathrach.
Flowingness, *s.* Sruth bhriathran.
Fluctuant, *adj.* Luaineach, iomluath, neo-shuidhichte, luasganach, neo-bhunailteach.
Fluctuate, *v. n.* 1. Roll to and again: bi air udail, luaisg, tulg. 2. feel sudden vicissitudes: bi air do thonn-luasgadh. 3. be irresolute, be undetermined: bi neo-sheasmhach, bi 's an iomachomhairle.
Fluctuation, *s.* 1. The alternate motion of the water: udal, luasgadh, tulgadh. 2. uncertainty, indetermination: ioma-chomhairle, imcheist. 3. violent agitation: crathadh, tulgadh, luasgadh, tilgeadh a ñull 's a ñall.
Flue, *s.* 1. A small pipe or chimney to convey air, heat, or smoke: pìob chaol deataich, sòrn. 2. soft down, or fur: cleit, fionnadh mìn.
Fluency, *adj.* Sruthadh, ùr-labhairt, réidheachd, deas-chainnt.
Fluent, *adj.* 1. Liquid: sruthach, silteach, leaghach. 2. flowing, in motion: a' glasad, ruitheach.

3. ready, copious, deas-labhrach, deas-chainnteach, réidh am bruidhean.
Fluently, *adv.* See Fluent.
Fluid, *adj.* Uisgidh, sruthach, leaghach.
Fluid, *s.* 1. Any thing not solid: ni tana 's am bith, uisge, staid uisge. 2. (in physic) any animal juice: leann, leann-tàth.
Fluidity, Fluidness, } *s.* Uisgealachd, tanachd.
Flummery, *s.* 1. A kind of food made by coagulation of wheat flour or oatmeal: làgan. 2. flattery: brosgul, blanndar.
Flurry, *s.* 1. A gust or storm of wind: osag, oiteag. 2. hurry, a violent commotion: cabhag, othail, deifir.
Flush, *v. a.* et *n.* 1. Colour, redden: cuir rughadh ann, dean ruiteach. 2. elate, elevate: misnich, àrdaich, tog suas. 3. flow with violence: ruith, plosg. 4. come in haste: deifrich, thig an cabhag. 5. glow in the skin: fàs dearg.
Flush, *adj.* 1. Fresh, full of vigour: ùr, fallain, làn. 2. affluent, abounding: pailt, làn, saoibhir. 8. conceited: spailpeil, spaideil.
Flush, *s.* 1. Afflux, sudden impulse: bladhmadh, dian ghluasad. 2. bloom, growth: rughadh, deirge. 3. a term for a number of ducks: linn, àl.
Flushing, *s.* Rughadh, deirge.
Fluster, *v. a.* et *n.* 1. Make hot and rosy with drinking: dean ruiteach, cuir sogan air. 2. confound, hurry: cuir 'n a bhreathal, cuir 'n a chabhag, deifrich. 3. be in a bustle: bi ri iomairt.
Fluster, *s.* Bladhmadh, grad char.
Flustered, *adj.* Corr-ghleusach.
Flute, *s.* 1. A musical pipe: duisiol, feadan. 2. a channel or furrow in a pillar: clais.
Flute, *v. a.* et *n.* 1. Cut columns into hollows: dean claisean. 2. play on the flute: cluich air duisiol.
Flutter, *v. a.* et *n.* 1. Drive in disorder: iomain, sgiùrs air falbh. 2. hurry the mind: deifrich, cuir 'n a chabhag, cuir thar a chéile. 3. take short flights with great agitation of the wings: itealaich, bi sgiathadaich. 4. move about with great show and bustle: bi luasganaich, bi luaineach.
Flutter, *s.* 1. Vibration, undulation: udal, tulgadh, luasgan, crathadh. 2. hurry, tumult, disorder of mind: cabhag, ùparaid, tuaireap, troimhe chéile. 3. confusion, irregular position: eacharais, miriaghailt.
Flux, *s.* 1. The act of flowing: sruthadh, ruith, siubhal, dol seachad. 2. the state of passing away and giving place to others: sruthadh, ruith, dol air falbh. 3. any flow or issue of matter: sruth. 4. dysentery: gearrach, siubhal, flann-bhuinneach, sgàird. 5. excrement: cac. 6. concourse: comhchruinneachadh, coimh-thional, trusadh.
Flux, *adj.* Ruitheach, neo-sheasmhach, siubhlach.
Flux, *v. a.* Leagh, sil.
Fluxion, *s.* 1. The act of flowing: sruthadh, sileadh, siubhal. 2. the matter that flows: sruth.
Fly, *v. a.* et *n.* 1. Shun, avoid, decline: seachain, teich, tréig, leig dhiot. 2. refuse association with: tréig, fàg, teich, dìobair, ob, diùlt, cuir cùl ri, cùitich. 3. cause to fly or float in the air: cuir air iteag. 4. move through the air with wings: itealaich, falbh air iteag. 5. pass away: teich, siubhail. 6. move with rapidity: ruith 'n a d' dheannaibh. 7. part with violence: sgar. 8. break, shiver: bris, bloighdich. 9. fly *at:* leum air, thoir ionnsuidh air, bi 'n sàs. 10. fly *back:* leum air t-ais. 11. fly *in the face:* dùlanaich, leum 'n a aodann. 12. fly *off:* teich, tàr as. 13. fly *on:* leum air, buail air. 14. fly *out:* leum a suas, gabh fearg, las. 15. let *fly:* tilg, leig asad.
Fly, *s.* 1. A small winged insect of many species: cuileag. 2. the part of a machine which equalises the motion of the rest: roth. 3. a stage coach: carbad faraidh.
Flyblow, *s.* Ubh cuileig.
Flyblow, *v. a.* Lìon le cuileagaibh.
Flyboat, *s.* Bàt' eutrom, sgoth, geòla luath.
Flycatcher, *s.* Cab nan cuileag.
Flyer, *s.* Fear-teichidh, fear-iteil.
Flyfish, *v. n.* Iasgaich le cuileag.
Flyingfish, *s.* Iasg iteach, iasg sgiathach.
Foal, *s.* Searrach.
Foal, *v. a.* et *n.* 1. Bring forth: beir searrach. 2. be disburdened of the foetus: tilg searrach.
Foam, *s.* Cop, cobhar, omhan.
Foam, *v. a.* et *n.* 1. Cast out froth: cuir cobhar dhiot, sgeith cobhar. 2. froth, gather, foam: cop, bi fuidh chobhar. 3. be in rage, bi violently agitated: cuir cobhar dhiot, bi feargach.
Foamingly, *adv.* See Foamy.
Foamy, *adj.* Cobharach, copach.
Fob, *s.* Pòca beag.
Fob, *v. a.* 1. Cheat, trick, defraud: meall, thoir an car á. 2. fob *off*, shift off: cuir seachad, cuir a thaobh le ear.
Focil, *s.* Cnàimh na lurga, no, ghàirdein.
Focus, *s.* Buillsgean.
Fodder, *s.* Fodar, innlinn, connlach, feur saoidh.
Fodder, *v. a.* Biadh le fodar, feuraich.
Fodderer, *s.* Fear biadhaidh spréidhe.
Foe, *s.* 1. An enemy: nàmhaid, nàmh. 2. an opponent, an illwisher: nàmhaid, nàmh, eas-caraid, fear-mì-rùin.
Foeman, *s.* Nàmhad, nàmh, eas-caraid.
Foetus, *s.* Ceud-fhàs, torrachas anabuich.
Fog *s.* 1. A thick mist: ceò, ceathach. 2. aftergrass: ath-bhàrr-feòir.
Fog, *v. a.* Dorchaich, neulaich, dùin le ceò.
Foggily, *adv.* See Foggy.
Foggy, *adj.* 1. Misty, cloudy, dark: neulach, ceòthach, ceòthmhor. 2. cloudy in understanding, dull: dorch, umpadail, neo-gheur.
Foh, *interj.* Fuich, pu! fo! fo!
Foible, *s.* Fàilinn, lag-bheart, mearachd, beag-chionta.
Foible, *aqj.* Lag, fàillingeach.
Foil, *v. a.* 1. Put to the worst, defeat: ruaig, gabh air, faigh làmh an uachdar, ceannsaich, fairtlich,

claoidh. 2. blunt, dull: maolaich. 3. defeat, puzzle: fairtlich, cuir air.

Foil, *s.* 1. A defeat, a miscarriage: ruaig, call-blàir, fairtleachadh, dèaralachd, dìobhail, claoidh. 2. leaf, gilding: dealtradh, òradh. 3. a blunt sword used in fencing: claidheamh maol basbaire. 4. the steel of a looking-glass: airgid beò sgàthain.

Foin, *v. a.* et *n.* 1. Prick, sting: bior, biorg, lot. 2. push in fencing: pùc, sàth, thoir staradh.

Foin, *s.* Sàthadh, staradh, buille thuige.

Foist, *v. a.* See Forge, *v. a.*

Foist, *s.* Sgoth, long luath.

Foistiness, *s.* See Mouldiness.

Foisty, *adj.* See Mouldy.

Fold, *s.* 1. The ground in which sheep are confined: mainnir, fang, buaile, crò. 2. the flock of sheep: treud, buar. 3. a limit, a boundary: crìoch. 4. a double, a complication: filleadh, pleat.

Fold, *v. a.* et *n.* 1. Shut sheep in the fold: fangaich, cuir am mainnir, cròidh. 2. double, complicate: fill, paisg. 3. enclose, include, shut: dùin, cuairtich, iom-dhruid. 4. enclose over another of the same kind: fill, dùbail.

Foliaceous, *adj.* Duilleagach.

Foliage, *s.* Duilleach, duilleagan, còmhdach dhuilleagan.

Foliage, *v. a.* Blàth-oibrich.

Foliate, *v. a.* Dean 'n a dhuilleagan.

Foliation, *s.* 1. The act of beating into thin leaves: tanachadh, deanamh 'n a dhuilleagan. 2. the compass of a flower: blàth chuairteag.

Folio, *s.* Leabhar nan duilleag 's a mò.

Folious, *adj.* Duilleagach.

Folk, *s.* 1. People, in familiar language: muinntir, cuideachd, feadhainn, sluagh. 2. nations, mankind: daoine, sluagh, pobull. 3. any kind of people as discriminated from others: dream, droing, luchd, muinntir.

Folkmote, *s.* Mòd, coinneamh sluaigh.

Follicle, *s.* Còs, còsan.

Follow, *v. a.* et *n.* 1. Go after: lean. 2. pursue an enemy: lean, ruaig. 3. accompany: lean, coimh-chéimnich. 4. succeed in order of time: lean, thig 'n a dhéigh. 5. be consequential in argument: lean, thig an lorg. 6. imitate, copy: lean, tog. 7. obey: géill, lean. 8. attend to: thoir aire do, gabh suim do. 9. come after another: lean, thig 'n a dhéigh. 10. attend servilely: lean, bi leanmhuinn air. 11. persevere: lean air d' aghairt.

Follower, *s.* 1. One who comes after another: fear-leanailt. 2. an attendant, or dependant: fear-leanmhuinn. 3. an associate, a companion: companach. 4. a scholar, an imitator: fear-leanmhuinn, leanmhuinneach.

Folly, *s.* 1. Want of understanding: amaideachd, amadanachd gòraich, faoineachd. 2. criminal weakness: amaideachd, aimideachd. 3. act of negligence: amaideachd, gòraich.

Foment, *v. a.* 1. Cherish with heat: blàthaich, teòth. 2. bathe with warm lotions: fairc, nigh, ionnlaid. 3. encourage, support: bruidich, brosnaich, misnich, eiridinn.

Fomentation, *s.* 1. A partial bathing: ionnlad, farcadh. 2. the lotion prepared to foment the parts: uisge farcaidh. 3. excitation: brosnachadh, bruideachadh, eiridneachadh.

Fomenter, *s.* Buaireadair, fear brosnachaidh, fear beothachaidh.

Fond, *adj.* 1. Foolish, silly, indiscreet: amaideach, gòrach faoin. 2. trifling, valued by folly: suarach, gun luach. 3. foolishly tender: déigheil, gaolach, gràdhach, beadarrach, toigheach, deothasach, rucasach. 4. pleased in too great a degree: déigheil, an geall, miannach.

Fond, Fondle, *v. a.* et *n.* 1. Caress: eiridinn, eiridnich, dean deth, tataidh. 2. be fond of, dote: gràdhaich, thoir déigh do, bi rucasach.

Fondler, *s.* Cniadaire, fear beadraidh, fear tàlaidh.

Fondling, *s.* Beadragan, mùirnean, annsachd, luaidh, cagar.

Fondly, *adv.* See Fond, *adj.*

Fondness, *s.* 1. Foolishness, weakness: amaideachd, gòraich, cion céille. 2. foolish tenderness: déigh, cion-folaich, rucas. 3. tender passion: cion, cion-folaich, gràdh, gaol.

Font, *s.* Tobar, tobar baistidh.

Fontanel, *s.* Silteach.

Food, *s.* 1. Victuals, provision for the mouth: biadh, lòn, teachd-an-tìr. 2. any thing that nourishes: lòn, aran, teachd-an-tìr, beathachadh.

Foodful, *adj.* Biadhchar, pailt.

Foodless, *adj.* Neo-bhiadhchar, lom, gortach.

Foody, *adj.* So-itheadh, a ghabhas ithe.

Fool, *s.* 1. One to whom nature has denied reason: amadan, burraidh, baothair, amaid. 2. a wicked man: aingidh, amadan. 3. a term of indignity and reproach: amadan, burraidh, baothair, umpaidh, guraiceach. 4. a buffoon: amhlair, àmhuilteach. 5. play *the fool*, play pranks like a hired jester: dean àmhuiltean. 6. *play the fool*, act like one void of common understanding: dean gu h-amaideach. 7. make a *fool of:* dean burraidh dheth.

Fool, *v. a.* et *n.* 1. Treat with contempt, disappoint: dean amadan de, dean burraidh de, meall, thoir a chreidsinn air. 2. infatuate, make foolish: dean gòrach, dean faoin, dean amadan de. 3. cheat: thoir an car á. 4. trifle, toy: cluich, caith aimsir, bi faoin.

Foolborn, *adj.* Air a bhreith 'n a amadan.

Foolery, *s.* 1. Habitual folly: amaideachd, baothaireachd, faoineas, faoineachd. 2. object of folly: faoineas, baothaireachd, gòraich.

Foolhappy, *adj.* Sealbhach, fortanach.

Foolhardiness, *s.* Dànadas, an-dànadas, mi-chiall.

Foolhardy, *adj.* Dàna, an-dàna, mi-chiallach.

Fooltrap, *s.* Painntear.

Foolish, *adj.* 1. Void of understanding: gòrach, amaideach, neo-ghlic. 2. imprudent, indiscreet: amaideach, gòrach, baoth, neo-ghlic. 3. ridiculous, contemptible: faoin, baoghalta, neo-thuigs-

each. 4. (in scripture) wicked, sinful: aingidh, peacach.

Foolishly, *adv.* See Foolish.

Foolishness, *s.* Amaideachd, gòraich, baothaireachd, mi-chiall, cion-tùir.

Foot, *s.* 1. The part upon which we stand: cas, cos, troidh. 2. that by which any thing is supported in the nature of a foot: cas. 3. the lower part, the base: bun, bonn. 4. the act of walking: cas, coiseachd. 5. on foot: a 'g chois, coiseachd. 6. infantry: arm coise. 7. state, character, condition: staid, cor, inbhe. 8. a certain number of syllables constituting a distinct part of a verse: cas. 9. step: ceum. 10. a measure containing twelve inches: troidh.

Foot, *v. a.* et *n.* 1. Spurn, kick: breab, ceig. 2. settle, begin to fix: suidhich, socraich, còmhnuich. 3. tread: imich, coisich. 4. supply with feet: cuir casan air. 5. dance, tread wantonly: danns, falaraich, dean ceum uallach. 6. walk: coisich, imich.

Football, *s.* 1. A ball driven by the foot: ball coise, ball iomanaiche. 2. the sport of kicking the football: cluich air ball coise, ioman.

Footboy, *s.* Gille ruith, gille coise, sàil-ghille.

Footbreadth, *s.* Leud coise, leud troidhe.

Footbridge, *s.* Drochaid choisichean.

Footcloth, *s.* Sumag.

Footed, *adj.* Casach.

Footfall, *s.* Tuisleadh.

Footfight, *s.* Cath choisichean.

Footguards, *s.* Freiceadain coise, no, leine-chrios.

Foothold. *s.* Leud buinn coise.

Footing, *s.* 1. Ground for the foot: leud coise, àite seasaimh. 2. support, root: bunait, suidheachadh. 3. basis, foundation: bunait, stéidh. 4. place, possession: seilbh. 5. tread, walk: ceum, imeachd. 6. dance: dannsa. 7. steps, road, track: slighe, ròd, ceum. 8. entrance, beginning: seilbh, gabhail, suidheachadh. 9. state, condition: leagadh, suidheachadh, staid, cor.

Footlicker, *s.* Tràill, slìomair.

Footman, *s.* 1. A soldier that marches and fights on foot: saighdear coise. 2. a low menial servant in livery: gille duin' uasail, gille bùird, gille ruith. 3. one who practises to walk or run: coisiche.

Footpace, *s.* Ceum socrach.

Footpad, *s.* Fear-reubainn, spùinneadair rathaid mhòir.

Footpost, *s.* Teachdaire coise, gille-ruith.

Footsoldier, *s.* Saighdear coise.

Footstep, *s.* 1. Track, impression left by the foot: lorg coise, cos-cheum, aile coise, lorg. 2. token, mark, notice given: comharradh, taisbean. 3. example: cos-cheum, cois-cheum, eisimpleir.

Fogtstool, *s.* Stòl coise, bòrd coise.

Fop, *s.* Bùban, spailpean, lasgaire, spailleichdear, gaoithean.

Foppery, *s.* 1. Folly, impertinence: amaideachd, baothaireachd, gòraiche. 2. affectation of show or importance: spailleichd, spailpeis.

Foppish, *adj.* 1. Foolish, idle, vain: amaideach, faoin, dìomhain, eutrom, gòrach. 2. foolishly ostentatious, vain of dress: spailleichdeil, spailpeil, farumach, gaoithcanach, luaineach, loiseamach, banndalach.

Foppishly, *adv.* See Foppish.

Foppishness, *s.* Spailleichd, spailpeis, faoineachd.

For, *prep.* 1. Because of: air son, a chionn, do bhrìgh. 2. with respect to, with regard to: air son, a thaobh. 3. in the character of: air son, mar. 4. with resemblance of: air son, mar. 5. for the sake of: air son, air sgàth. 6. conducive to: air son. 7. with intention of going to a certain place: air son, gu. 8. in proportion to: air son, a ṙéir. 9. with appropriation to: air son, fa chomhair. 10. inducing to as a motive: air son, an déigh. 11. noting power or possibility: air son. 12. for fear of: air son, an t-eagal. 13. in remedy of: air son, air. 14. in exchange: air son, an iomlaid. 15. through a certain duration: air son, car. 16. in search of: air son. 17. according to: air son, a ṙéir. 18. towards: a dh'-ionnsuidh. 19. in favour of: air son, air taobh. 20. noting accommodation or adaptation: air son. 21. notwithstanding: air son.

For, *conj.* 1. The word by which the reason is introduced of something advanced before: air. 2. because: a chionn, a bhrìgh, 3. for *as much:* a chionn, do bhrìgh. 4. for *why:* a chionn, a mheud 's gu.

Forage, *v. a.* et *n.* 1. Plunder, spoil: spùill, spùinn, creach. 2. wander in search of spoil: bi trusadh lòin, iarr cobhartach, solair. 3. ravage, feed on spoil: fuilich, dean cobhartach.

Forage, *s.* 1. Search of provisions: solarachadh, ionaltradh, sireadh lòin. 2. provisions sought abroad, or provisions in general: biadh, lòn, innlinn, solar.

Forager, *s.* 1. One who wanders in search of spoil: spùinneadair, spùilleadair. 2. a provider of food: fear solair lòin, trusaiche.

Foraminous, *adj.* Tolltach, làn tholl.

Forbear, *v. a.* et *n.* 1. Decline, avoid voluntarily: seachain, ob. 2. abstain from, shun to do: fuirich o, ob. 3. spare, treat with clemency: giùlain le, caomhain, fulaing, leig le. 4. withhold: sguir, leig dhiot. 5. cease from any thing, intermit: sguir, leig seachad, leig dhiot. 6. pause, delay: stad, dean maille. 7. forbear voluntarily: leig dhiot, leig thairis. 8. restrain any violence of temper: fulaing, caisg.

Forbearance, *s.* 1. The care of avoiding or shunning any thing: seachnadh, obadh. 2. intermission of something: leigeadh seachad, sgur, stad. 3. command of temper: fad-fhulangas, foighidinn, deadh mhèinn. 4. lenity, delay of punishment: fad-fhulangas, foighidinn, deadh-mhèinn, caomhalachd, bàigh.

Forbid, *v. a.* et *n.* 1. Prohibit, interdict any thing: seun, toirmisg. 2. command to forbear any thing: seam, bac, toirmisg. 3. oppose, hinder: bac, caisg, cum air ais. 4. utter a prohibition: toirmisg. 5. God forbid: nar leigeadh Dia.

Forbiddance, *s.* Toirmeasg, bacadh.

Forbidden, *part.* Toirmisgte, neo-cheadaichte, neo-laghail.

Forbiddenly, *adv.* See Forbidden.

Forbidding, *adj.* Daochail, sgreamhail, sgreataidh.

Forbidding, *s.* Toirmeasg, bacadh, diùltadh.

Force, *s.* 1. Strength, vigour, might: neart, spionnadh, cumhachd, lùth. 2. violence: ainneart, fòirneart, treis. 3. virtue, efficacy: éifeachd, tàbhachd, feart, brìgh, subhailc. 4. validness, power of law: làidireachd, seasmhachd. 5. armament, warlike preparation: armailt, feachd. 6. destiny, necessity: éiginn.

Force, *v. a.* et *n.* 1. Compel, constrain: éignich, coimh-éignich, thoir air farraich, fairtlich, thoir a dh' aindeon. 9. overpower by strength: fairtlich, thoir air, coimh-éignich, gnàthaich ainneart. 3. impel, press: spàrr, teannaich. 4. enforce, urge: spàrr, cuir mar fhiachaibh. 5. drive by violence or power: coisinn, buadhaich. 7. storm: cuir séisd ṙi. 8. ravish: éignich. 9. man, strengthen by soldiers: neartaich, dean làidir. 10. stuff: dinn. 11. bring forward precipitately: cuir thuige, luathaich fàs. 12. extort: tarruing o, spìon. 13. endeavour: oidhirpich, feuch ṙi. 14. use violence: cleachd ainneart.

Forcedly, *adv.* Gu h-aindeonach, air éigin.

Forceful, *adj.* Làidir, treun, cumhachdach.

Forcefully, *adv.* See Forceful.

Forceless, *adj.* Lag, anfhann, gun chlì.

Forceps, *s.* Turcais, clobha léigh.

Forcer, *s.* 1. A compeller: fear-coimh-éigneachidh, fear-foirneirt. 2. that which forces or drives: fairche.

Forcible, *adj.* 1. Strong, mighty: làidir, cumhachdach, neartmhor. 2. violent, impetuous: dian, bras. 3. efficacious, active: éifeachdach, tàbhachdach, cumhachdach, brìoghmhor. 4. prevalent, of great influence: brìoghmhor, cudthromach drùighteach. 5. done by force: aindeonach, éigneach. 6. valid, binding: cumhachdach, ceangaltach.

Forcibleness, *s.* Cumhachd, neartmhorachd, éifeachd, brìoghmhorachd.

Forcibly, *adv.* See Forcible.

Forcing, *s.* 1. The act of urging or enforcing: sparradh, cur mar fhiachaibh. 2. compulsion: éigneachadh, coimh-éigneachadh.

Ford, *s.* Àth, faoghail.

Ford, *v. a.* Rach thar àth, theirig thar an amhainn.

Fordable, *adj.* Tana, eu-domhain.

Fordo, *v. a.* Claoidh, cìosnaich, sgìthich.

Fore, *adj.* } Air thùs, air toiseach, ṙoimh. *Fore and*
Fore, *adv.* } *aft:* o thoiseach gu deireadh na luinge.

Foreadvise, *v. a.* Ṙoimh-chomhairlich.

Foreappoint, *v. n.* Òrduich ṙoimh làimh, ṙoimh-òrduich.

Forearm, *v. a.* Armaich ṙoimh-làimh.

Forebode, *v. n.* 1. Prognosticate, foretell: ṙoimh-innis, innis ṙoimh-làimh, targair, cuir air mhanadh, fàisnich. 2. foreknow: bi fiosrach ṙoimh làimh, aithnich ṙoimh làimh, ṙoimh-aithnich.

Foreboder, *s.* Fàisniche, fàidhe, fear-targraidh.

Foreboding, *s.* Fàisneachd, targradh, cur air mhanadh.

Golden, *adj.* 1. Made of gold: òrail, òrach, do dh'-òr. 2. shining, bright: òr-lasrail, lasarra, lainnir, dealrach, soillseach. 3. yellow, of the colour of gold: òr-bhuidhe, buidhe. 4. excellent, valuable: òridheirc, luachmhor, prìseil. 5. happy: sona.
Goldenly, *adv.* See Golden.
Goldfinch, *s.* Lasair-choille, deargan-fraoich.
Goldhammer, *s.* Buidhein, buidhein na coille.
Goldhilted, *adj.* Òr-chasach.
Goldleaf, *s.* Òr-dhuilleag.
Goldsmith, *s.* Òr-cheard.
Golf, *s.* Camanachd.
Goll, *s.* Spòg, cràg.
Gome, Geir cartach.
Gondola, *s.* Bàta, geòla, eithear.
Gondoler, *s.* Fear-bàta.
Gone, *part.* 1. Advanced, forward in progress: air falbh, air imeachd. 2. ruined, undone: millte, caillte, creachta, dheth. 3. past: air dol seachad. 4. lost, departed: caillte, air falbh. 5. dead: marbh, air eug.
Gonfalon, Gonfanon, *s.* Bratach, suaicheantas, onnchon.
Gonfalonier, *s.* Fear-brataich.
Gonorrhoea, *s.* Clap silteach.
Good, *adj.* 1. Not bad, not ill: maith, math, deadh. 2. proper, fit, convenient, right: ceart, cothromach, iomchuidh, cubhaidh, freagarrach. 3. conducive to happiness: maith, sona. 4. uncorrupted, undamaged: fallain, neo-thruaillte, maith. 5. wholesome, salubrious: slàinteil, fallain, maith. 6. complete, full: iomlan, coimhlionta, làn. 7. useful, valuable: feumail, luachmhor. 8. rightly claimed or held: ceart, so-agarrach. 9. confirmed, attested, valid: maith, dearbhach. 10. well qualified: cubhaidh, iomchuidh. 11. skilful, ready, dexterous: teòma, eòlach, ealamh. 12. happy, prosperous: sona, sealbhach. 13. honourable: urramach, measail, cliùiteach, maith. 14. elegant, decent: grinn, ciatach, eireachdail. 15. rich, of credit: beartach, saoibhir. 16. having moral qualities: ionraic, onorach, dìreach, treibhdhireach, ceart. 17. kind, soft, benevolent: caoimhneil, bàigheil, caomh. 18. companionable, social, merry: companta, cridheil, sunndach deadh. 19. in a ludicrous sense: maith. 20. hearty, earnest: da rìreadh. 21. in good *sooth:* da rìreadh. 22. in good *time:* amail, tràthail, an deadh àm. 23. make *good*, keep: cum, gléidh. 24. make *good*, confirm: dearbh, dean cinnteach. 25. make *good*, perform: dèan, coimhlion. 26. make *good*, supply: dean a suas.
Good, *s.* 1. Benefit, advantage, the contrary to evil or misery: math. 2. prosperity, advancement: maith, soirbheachadh, leas, tairbhe, feum. 3. earnest, not jest: rìreadh. 4. moral qualities: maith, subhailc, deadh-bheus.
Good, *adv.* See Good, *adj.*
Good, *interj.* Ro cheart! ro mhaith!

Good, *v. a.* Mathaich, leasaich.
Good-breeding, *s.* Deadh-oilean.
Good-by, *adv.* Beannachd leat, soiridh leat.
Good-fellow, *s.* Companach cridheil.
Good-nature, *s.* Deadh-nàdur.
Good-will, *s.* Deadh-thoil.
Goodless, *adj.* Gun chuid.
Goodliness, *s.* Maise, cireachdas, snas, fìnealtachd.
Goodly, *adj.* 1. Beautiful, graceful: maiseach, sgiamhach, bòidheach, ciatach, eireachdail. 2. bulkly, swelling: sultmhor, dòmhail, tomadach, mòr. 3. happy, desirable, gay: sona, ionmhiannach, aighearach.
Goodman, *s.* 1. A rustic term of compliment: a dhuine chòir. 2. a familiar term for husband: duine. 3. the master of a family: fear tighe.
Goodness, *s.* Maitheas, deadh-bheus, sonas, fàbhor.
Goods, *s.* 1. Moveables in a house: àirneis. 2. personal or movable estate: cuid, maoin. 3. wares, freight, merchandise: bathar, cuid.
Goody, *s.* Beanag, duinean.
Goodwife, Goodwoman, *s.* Bean tighe, bean an tighe.
Goose, *s.* 1. A large water fowl: gèadh. 2. a tailor's smoothing iron: gèadh, iarunn tàileir.
Gooseberry, *s.* Gròsaid.
Goosecap, *s.* Baothair, guraiceach.
Goosequill, *s.* Ite geòidh.
Gorbellied, *adj.* Reamhar, làn, bronnach, taigeiseach.
Gordian, *adj.* Deacair, cruaidh, duilich.
Gore, *s.* 1. Blood effused from the body: fuil. 2. blood clotted or congealed: flann-fhuil. 3. dirt, mud: salchar, gaorr, poll, eabar.
Gore, *v. a.* Gaorr, troimh-lot, sàth, fuilich.
Gorge, *s.* 1. The throat: sgòrnan, sgòrnach, slugan. 2. a meal or gorgeful given unto birds: biadh.
Gorge, *v. a.* et *n.* 1. Glut: gloc, lìon, sàsuich. 2. swallow: sluig. 3. feed: ith, ionaltair.
Gorged, *adj.* Sluganach, sgòrnanach.
Gorgeous, *adj.* Rìomhach, basdalach, loiseamach, greadhnach.
Gorgeously, *adv.* See Gorgeous.
Gorgeousness, *s.* Rìomhadh, basdal, loiseam, greadhnachas.
Gorget, *s.* Dìon amhaiche.
Gorgon, *s.* Uile-bheist.
Gormand, Gormander, *s.* Craosaire, tollaran, glaimseir.
Gormandise, *v. n.* Glut, gloc, ith gu lonach, craosshluig.
Gormandiser, *s.* Craosaire, craos-shlugaire, glaimseir, tollaran.
Gorse, *s.* Conusg.
Gory, *adj.* Fuilteach, air eabradh am fuil.
Goshawk, *s.* Seabhag mòr.
Gosling, *s.* Gèadh òg, ìsean geòidh.
Gospel, *s.* Soisgeul.
Gospel, *v. a.* Dean 'n a chreidmheach.
Gospellary, *adj.* Soisgeulach.
Gospeller, *s.* Soisgeulach, soisgeulaiche.
Gossamer, *s.* Cleit lusan.
Gossamery, *adj.* Eutrom, gun bhladh, gun bhrìgh.
Gossip, *s.* 1. One who answers for the child in baptism: goistidh, oide. 2. a tippling companion: fear-comuinn, companach òil. 3. one who runs about tattling: sgimileir, fear lonais. 4. (in a good sense), a friend or neighbour: caraid, coimhearsnach. 5. tattle, trifling talk: bruidhinn, briot.
Gossip, *v. n.* 1. Chat, prate: dean lonais, bi bruidhneach, bi gobaireachd. 2. be a pot companion: bi 'n a d' chompanach òil.
Govern, *v. a.* et *n.* 1. Rule as a chief magistrate: riaghail, rìoghaich. 2. regulate, direct: riaghailtich, stiùir, seòl, steòrn. 3. manage, restrain: ceannsaich, smachdaich, cum an òrdugh. 4. pilot, regulate the motions of a ship: stiùir. 5. keep superiority: riaghail, cum fuidh smachd.
Governable, *adj.* Umhal, so-cheannsachaidh.
Governance, *s.* 1. Government, rule: riaghladh, stiùradh. 2. control as that of a guardian: riaghladh, ceannsachd, uachdaranachd.
Governess, *s.* 1. A female invested with authority: ban-uachdaran, ban-riaghlair. 2. tutoress, a woman that has the care of young ladies: banmhaighstir sgòile, bean oilein mhnà uaisle.
Government, *s.* 1. Form of community with respect to the disposition of the supreme authority: uachdaranachd, riaghladh, flaitheachd, comhdhealbhadh. 2. an established state of legal authority: uachdaranachd, comh-dhealbhadh. 3. administration of public affairs: riaghladh, uachdaranachd. 4. manageableness, compliance: ceannsachd, ceannsalachd.
Governor, *s.* 1. One who has the supreme direction: uachdaran, riaghlair, riaghladair. 2. a tutor, one who has the care of a young man: maighstir sgoile, oid' ionnsachaidh. 4. pilot, manager: fearstiùraidh, fear-steòrnaidh.
Gouge, *s.* Geilb chruinn.
Gourd, *s.* Luibh-sgàile.
Gourdiness, *s.* Bòcadh, at coiseachd.
Gout, *s.* Tinneas nan alt.
Gouty, *adj.* 1. Afflicted or diseased with the gout: olc le tinneas nan alt. 2. relating to the gout: a bhuineas do thinneas nan alt. 3. boggy: tais, bog. 4. swelled: air at.
Gown, *s.* 1. A long upper garment: gùn, còmhdach uachdair. 2. a woman's upper garment: gùn, earasaid. 3. the long habit of a man dedicated to acts of peace, as divinity, medicine, law: cleòc, gùn.
Gowned, *adj.* Cleòchdta, air a chòmhdach le gùn.
Gownsman, *s.* Fear-gùin, fear-cleòc.
Grabble, *v. n.* 1. Grope, feel eagerly with the hands: smeuraich, meuraich. 2. lie prostrate on the ground: luidh, sìn.
Grace, *s.* 1. Favour, kindness: deadh-ghean, fàbhor. 2. favourable influence of God on the human mind: gràs. 3. virtue, effect of God's influence: gràs, subhailc, diadhachd. 4. pardon, mercy: tròcair, maitheanas. 5. favour conferred: tiodhlac, gibht. 6. privilege: còir. 7. behaviour, considered as decent or unbecoming: giùlan,

beus. 8. pleasing appearance: sgèimh, maise, eireachdas, grinneas. 9. natural excellence: deadh cheud-fàth, deadh-bhuaidh. 10. embellishment, recommendation, beauty: loinn, maise, àilleachd. 11. ornament, flower, highest perfection: roghuinn, tagha. 12. the title of a duke or archbishop: òirdheircеas, urramachd. 13. a short prayer said before and after meat: altachadh.

Grace-cup, *s.* A' chend deoch slàinte.

Grace, *v. a.* 1. Adorn, dignify, embellish: sgeadaich, sgiamhaich, maisich, breaghaich. 2. dignify or raise by an act of favour: àrdaich, tog gu h-urram. 3. favour: thoir fàbhor. 4. supply with heavenly graces: thoir gràs.

Graceful, *adj.* Àluinn, maiseach, snasmhor, ciatach, grinn.

Gracefully, *adv.* See Graceful.

Gracefulness, *s.* Eireachdas, maise, dàichealachd, grinneas.

Graceless, *adj.* Aingidh, coirpte, malluichte, mi-naomh, gun ghràs.

Gracelessly, *adv.* See Graceless.

Graces, *s.* Maoidhean, deadh-ghean.

Gracile, *adj.* Caol, meanbh, tana.

Gracility, *s.* Caoilead.

Gracious, *adj.* 1. Merciful, benevolent: tròcaireach, gràsmhor, maitheasach. 2. favourable, kind: fàbhorach, caomh, caoimhneil, bàigheil. 3. acceptable, favoured: taitneach, ciatach, ion-mhiannaichte.

Graciously, *adv.* See Gracious.

Graciousness, *s.* 1. Mercifulness: gràsmhorachd, caomhalachd, tròcair, bàigh, acarachd. 2. kind condescension: irisleachd, suairceas. 3. possession of graces or good qualities: ciatachd, maise, grinneas.

Gradation, *s.* 1. Regular progress from one degree to another: ceum, éiridh. 2. regular advance step by step: ceum air cheum, dìreadh riaghailteach. 3. order, sequence, series: òrdugh, ceum.

Gradatory, *adj.* Ceumnach, a' dol o cheum gu ceum.

Grade, *s.* Inbhe, ceum.

Gradient, *adj.* Ceumnach, a' siubhal le ceumaibh.

Gradual, *adj.* Ceumnach, a' chuid 's a' chuid.

Gradual, *s.* Staidhir.

Gradually, *adv.* See Gradual, *adj.*

Graduate, *v. a.* et *n.* 1. Dignify with a degree in the university: thoir tiodal ionnsachaidh do. 2. mark with degrees: comharraich le ceumaibh. 3. heighten, improve: àrdaich, dean ni 's fèarr. 4. take an academical degree: gabh ceum ionnsachaidh. 5. proceed regularly, or by degrees: gluais o cheum gu ceum.

Graduate, *s.* Sgoilear tiodail, àrd-sgoilear.

Graduation, *s.* 1. Regular progression by succession of degrees: dol air aghart, ceumnachadh. 2. improvement: dol ni 's fèarr. 3. the act of conferring academical degrees: buileachadh tiodail ionnsachaidh.

Graff, Graft, *s.* Faillean, fiùran.

Graff, Graft, *v. a.* et *n.* 1. Insert a cyon or branch of one tree into the stock of another: suidhich faillean, tàth, alp. 2. insert into a place or body to which it did not originally belong: suidhich. 3. join one thing so as to receive support from another: comh-thàth. 4. practise insition: bi suidheachadh fhaillean.

Graffer, Grafter, *s.* Fear suidheachaidh mheangan, no, fhiùran.

Grain, *s.* 1. A single seed of corn: sìlean, gràine. 2. corn: sìol, coirce, gràn. 3. the seed of any fruit: sìol, fras. 4. any minute particle, any single body: gràine, gràinne. 5. the smallest weight of which in physic twenty make a scruple: gràinne. 6. any thing proverbially small: gràinne, gràinnean. 7. the direction of the fibres of wood: calg. 8. temper, disposition: nàdur, guè. 9. the heart, the bottom: cridhe, dùrachd. 10. the form of the surface with regard to roughness and smoothness: faireachduinn. 11. against the *grain*: an aghaidh a' chuilg.

Grained, *adj.* Garbh, molach, calgach.

Grains, *s.* See Draff.

Grainy, *adj.* 1. Full of corn: gràineach. 2. full of grains or kernels: gràinneanach.

Gramineous, *adj.* Feurach.

Grammar, *s.* 1. The science of speaking correctly: taibs'-ionnsachadh, eòlas ceart-labhairt. 2. the book that treats of the various relations of words to one another: leabhar-taibse.

Grammar-school, *s.* Sgoil-fhoghlum chainntean.

Grammarian, *s.* Fear-ionnsaicht' an leabhar-taibse.

Grammatical, *adj.* Ceart-chainnteach.

Grammatically, *adv.* See Grammatical.

Grampus, *s.* Cana, puthag.

Granary, *s.* Iothlan, sìol-lann, sgiobal.

Grand, *adj.* 1. Great, illustrious: mòr, àrd, urramach, ainmeil, òirdheirc. 2. great, splendid, magnificent: mòr, greadhnach, breagha. 3. principal, chief: prìomh. 4. eminent, superior: mòr, àraidh. 5. noble, sublime: òirdheirc, àrd, uasal.

Grandam, *s.* 1. Grandmother: sean-mhathair. 2. an old withered woman: sean-chailleach.

Grandchild, Granddaughter, *s.* Ogha.

Grandee, *s.* Flath, mòr-fhear, duine cumhachdach.

Grandevity, *s.* Sean aois.

Grandeur, *s.* 1. State, magnificence: mòrachd, greadhnachas, loiseam. 2. greatness as opposed to minuteness: mòrachd. 3. elevation of sentiment, language or mien: meanmnachd, àrd-inntinn, mòr-chuis.

Grandfather, *s.* Sean-athair.

Grndiloquence, *s.* Àrd-ghlòir.

Grandiloquous, *adj.* Àrd-ghlòireach.

Grandity, *s.* Mòrachd, meudachd.

Grandly, *adv.* See Grand.

Grandmother, *s.* Sean-mhàthair.

Grandness, *s.* Mòrachd, meudachd.

Grandsire, *s.* Sean-athair.

Grandson, *s.* Ogha, mac mic.
Grange, *s.* 1. A farm: baile tuathanaich, grainnseach. 2. a granary: iothlan.
Granivorous, *adj.* A dh' itheas gràin.
Grannam, *s.* Sean-mhàthair.
Grant, *v. a.* 1. Admit that which is not yet proved: ceadaich, aidich, deònaich. 2. bestow something which cannot be claimed of right: builich, tiodhlaic, bàirig.
Grant, *s.* 1. The act of granting or bestowing: buileachadh, tabhairt, tiodhlacadh. 2. the thing granted, a gift, a boon: tiodhlac, tabhartas. 3. (in law) a gift in writing of such a thing as cannot aptly be passed or conveyed by word only: tiodhlac còrach. 4. concession, admission of something in dispute: ceadachadh, aideachadh.
Grantee, *s.* Fear-faotainn tiodhlaic.
Grantor, *s.* Fear-tiodhlacaidh.
Granulary, *adj.* Gràinneach, mar ghràinne.
Granulate, *v. a.* et *n.* 1. Break into small masses or granules: bloighdich, min-phronn. 2. raise into small asperities: dean molach, dean plucanach. 3. be formed into small grains: fàs 'n a d' ghràinneanan.
Granulation, *s.* Pronnadh mìn, deanamh 'n a ghràinneanan.
Granule, *s.* Gràinnean, dùradan.
Granulous, *adj.* Gràinneanach.
Grape, *s.* Fìon-dhearc, fion-chaor.
Grapestone, *s.* Clach na fion-dheirc.
Graphical, *adj.* Dealbhach, ionamhuil.
Graphically, *adv.* See Graphical.
Grapnel, *s.* Greimich, greim-acair, cromag, greimir.
Grapple. *v. a.* et *n.* 1. Seize, lay fast hold of: greimich, glac, beir air. 2. contend by seizing each other, as wrestlers: gleachd, teannaich ri. 3. contest in close fight: còmhraig, cath.
Grapple, *s.* 1. Contest hand to hand: gleachd, còmhraig, greimeachadh, streup. 2. iron instrument by which one ship fastens upon another: greimich, clìchd, greimir.
Grasshopper, *s.* Fionnan-feòir, leumnach uaine, dreòlan-teasbhuidh.
Grasp, *v. a.* et *n.* 1. Hold in the hand, gripe: greimich, glac, teannaich. 2. seize, catch at: greimich, beir air. 3. catch, endeavour to seize: dean greim, theirig an sàs.
Grasp, *s.* 1. The gripe or seizure of the hand: greimeachadh, glacadh, greim. 2. possession, hold: seilbh, cumail. 3. power of seizing: greimeachadh.
Grasper, *s.* Greimich, glacadair.
Grass, *s.* Feur.
Grass-plot, *s.* Lianag, àilean, faiche, réidhlean beag.
Grassy, *adj.* Feurach.
Grate, *s.* Creitheal-theine.
Grate, *v. a.* et *n.* 1. Rub or wear any thing by the attrition of a rough body: suath, sgrìob, meil. 2. offend by any thing harsh or vexatious: cuir farran air, thoir oilbheum do. 3. form a sound by collision of asperities or hard bodies: thoir sgreuch air. 4. rub hard so as to injure or offend: suath, sgrìob. 5. make a harsh noise: sgreuch.
Grateful, *adj.* Having a due sense of benefits: taingeil, buidheach, gnèitheil. 2. pleasing, acceptable: taitneach, tlachdmhor, ciatach.
Gratefully, *adv.* See Grateful.
Gratefulness, *s.* 1. Gratitude: taingealachd. 2. pleasantnes: taitneas, tlachdmhorachd, ciatachd.
Grater, *s.* Sgrìobadair.
Gratification, *s.* 1. The act of pleasing: toileachadh, sòlasachadh, sàsuchadh. 2. pleasure, delight: toil-inntinn, sòlas.
Gratify, *v. a.* 1. Indulge, please by compliance: toilich, taitinn. 2. delight, please: taitinn, sàsuich. 3. requite with a recompence: duaisich, dìol.
Grating, *s.* Cliath-iaruinn.
Grating, *adj.* Sgreuchach, sgreadach.
Gratingly, *adv.* See Grating, *adj.*
Gratis, *adv.* A nasgaidh, gun luach, gu saor, gun dad sam bith.
Gratitude, *s.* Taingealachd, buidheachas.
Gratuitous, *adj.* 1. Voluntary, granted without claim or merit: saor, saor-thiodhlaichte. 2. asserted without proof: air a ghabhail gun aobhar.
Gratuitously, *adv.* See Gratuitous.
Gratuity, *s.* Saor-thiodhlac, àraichd, gibht.
Gratulate, *v. a.* See Congratulate.
Gratulation, *s.* Fàilte, fàilteachadh, furan, comhghàirdeachas, comh-thaingeachadh.
Gratulatory, *adj.* Sòlasach, ri comh-ghàirdeachas, a' comh-thairgeachadh.
Grave, *s.* Uaigh, tuam, cill.
Grave, *v. a.* et *n.* 1. Dig: treachail, tochail, cladhaich. 2. insculp, carve: gèarr, grabhal. 2. carve, or form: geàrr, dealbh. 3. clean and caulk a ship: calc. 4. write or delineate on hard substances: geàrr, tarruing, sgrìobh.
Grave, *adj.* 1. Solemn, serious, sober: stòlda, suidhichte sàmhach, ciallach, glic. 2. of weight, not futile: cudthromach. 3. not showy, not tawdry: stòlda, neo-uallach. 4. not sharp of sound, not acute: tiamhaidh, trom, tormanach.
Grave-clothes, *s.* Aodach mairbh, léine-bhàis.
Grave-digger, *s.* Fear-treachail uaighean.
Grave-stone, *s.* Leac-lithidh, leac-uaighe.
Gravel, *s.* 1. Hard sand: gaineamh, gainmheach, grinneal. 2. sandy matter concreted in the kidneys: galar-fuail, clach-fhuail.
Gravel, *v. a.* 1. Pave or cover with gravel: còmhdaich le grinneal, cuir gainmheach air. 2. stick in the sand: cuir an sàs 's a' ghainmhich. 3. puzzle, embarrass: amail, grab, bac.
Graveless, *adj.* Neo-adhlaicte, gun uaigh.
Gravelly, *adj.* Grinnealach, gainmheineach.
Gravely, *adv.* See Grave, *adj.*
Graveness, *s.* Ciall, stòldachd, suidheachadh inntinn.
Graver, *s.* 1. One whose business it is to inscribe or carve upon hard substances: grabhaltaich, feargrabhalaidh. 2. the stile or tool used in graving: geilb ghrabhalaidh, inneal grabhalaidh.
Gravid, *adj.* Leth-tromach, torrach.

Gravidation, } s. Leth-trom.
Gravidity, }
Graving, s. 1. Carved work: grabhaladh, gearradh, obair grabhalaiche. 2. impression: ailt.
Gravitate, v. n. Tuit, theirig le bruthach, tèarn.
Gravitation, s. Tuiteam, tèarnadh.
Gravity, s. 1. Weight, heaviness: cudthrom, truimead. 2. atrociousness, weight of guilt: anntromachadh. 3. seriousness, solemnity: stòldachd, suidheachadh-inntinn.
Gravy, s. Sùgh brìoghmhor, lìonradh.
Gray, adj. 1. White with a mixture of black: glas, liath. 2. white or hoary with old age: liath, glas. 3. dark like the opening or close of the day: ciar.
Gray, s. Dath glas, liath, no, ciar.
Gray-beard, s. Bodach.
Grayish, adj. Glas-liath.
Grayness, s. Glaise, glaisead, lèithead.
Graze, v. a. et n. 1. Set cattle to feed on the grass: feuraich, cuir air feur, ionaltair. 2. feed upon: ionaltair. 3. supply with grass: thoir feur do, feuraich. 4. strike lightly: suath, bean. 5. eat grass, feed on grass: ionaltair, ith feur.
Grazer, s. Beathach ionaltraidh.
Grazier, s. Àireach, fear-spréidhe.
Grease, s. Créis, geir, saill, reamhrachd.
Grease, v. a. 1. Smear or anoint with grease: buaic, smeur, suath le créis. 2. bribe, corrupt with presents: brosguil, truaill le tiodhlacaibh.
Greasily, adv. See Greazy.
Greasiness, s. Reamhrachd.
Greasy, adj. Créiseach, sleamhuinn, reamhar, geireach.
Great, adj. 1. Large in bulk or number: mòr, dòmhail, lìonmhor. 2. considerable in extent or duration: mòr, fada. 3. important, weighty: cudthromach. 4. chief, principal: prìomh, àrd. 5. venerable, awful: eagalach, mòr. 6. wonderful: iongantach, miorbhuileach. 7. of high rank: mòr, àrd, cumhachdach. 8. illustrious, eminent, noble: mòr, cliùiteach, ainmeil, òirdheirc. 6. magnanimous, generous, high minded: meanmnach, beachdail, aigeannach. 10. opulent, magnificent: beartach, mòr, greadhnach. 11. swelling, proud: atmhor, uaibhreach, àrdanach, borb. 12. familiar, great: mòr. 13. pregnant, teeming: làn, torrach, luchdaichte. 14. hard, difficult: cruaidh, deacair, duilich.
Great, s. An t-iomlan.
Greatbellied, adj. Dòmhail, bronnach, taigeasach.
Greaten, v. a. Àrdaich, mòraich.
Greathearted, adj. Mòr-chridheach, mòr-aigneach.
Greatly, adv. See Great, adj.
Greatness, s. 1. Largeness of quantity or number: mòrachd, lìonmhorachd, meudachd. 2. high degree of any quality: meudachd, mòrachd. 3. high place, dignity, power, influence: mòrachd, mòralachd, àrd-inbhe, urram, òirdheirceas, cumhachd. 4. swelling pride: uaill, uaibhreachas, àrdan. 5. merit, magnanimity: fiachalachd, meanmnachd. 6. grandeur, state, magnificence: mòralachd, greadhnachas.
Greaves, s. Cas-bheairt.
Grecian, s. Greugach.
Grecian, adj. Greugach.
Greece, s. A' Ghréig.
Greed, s. Sannt, lon, cìocras. gionach.
Greedily, adv. See Greedy.
Greediness, s. Sannt, gionach, cìocras, geòcaireachd, lon.
Greedy, adj. 1. Ravenous, voracious, hungry: sanntach, gionach, cìocrach, lonach, glamhach, glutach. 2. eager, vehemently desirous: dian, bras, miannach, togarrach.
Greek, s. 1. A native of Greece: Greugach. 2. the Greek language: Greugais.
Greek, adj. Greugach.
Green, adj. 1. Having a colour formed commonly by compounding blue and yellow: uaine, gorm, glas. 2. pale, sickly: glas-neulach, uaine. 3. flourishing, fresh: ùrail, gorm. 4. new, fresh: ùr. 5. not dry: àitidh, fliuch, tais. 6. not roasted, half raw: leth-bhruich. 7. unripe, immature: anabuich.
Green, s. 1. The green colour: dath uaine, no, gorm. 2. a grassy plain: réidhlean, àilean, raon. 3. leaves, branches, herbs, plants: lusan, buidhean, ni uaine. 4. *greens:* glasruich.
Greencoloured, adj. Uaine, glas-neulach, glaisdidh.
Greeneyed, adj. Gorm-shuileach.
Greenfinch, s. Glaisean-daraich.
Greenfish, s. Glaisean.
Greengrocer, s. Ceannaiche glasruich.
Greenhorn, s. Neach òg saidealta.
Greenhouse, s. Tigh-tath, tigh-lios.
Greenish, adj. Uainealach.
Greenly, adv. See Green, adj.
Greenness, s. 1. The quality of being green: uainead, guirme, glaise. 2. immaturity, unripeness: anabuicheachd, anabuichead. 3. freshness, vigour: ùraireachd, beathalachd. 4. newness: nuadhachd.
Greensickness, s. Galar uaine, galar glasdaidh.
Greenstall, s. Soiridh glasruich.
Greensward, s. Àilean, fòd.
Greenwood, s. Coille fuidh dhuilleach, doir' uaine.
Greet, v. a. et n. 1. Address at meeting: fàiltich, fàilt, furanaich. 2. salute in kindness, or congratulate: fàiltich, furanaich, dean comh-ghàirdeachas. 3. pay compliments at a distance: cuir iomchar, cuir beannachd. 4. meet and salute: fàiltich. 5. weep, lament: guil, caoidh.
Greeting, s. Fàilte, furan, altachadh beatha, beannachd.
Gregarious, adj. Treudach, 'n an greighean.
Gregariously, adv. See Gregarious.
Grenade, s. Peilear spealgach.
Grenadier, s. Saighdear àrd.
Grey, adj. See Gray.
Greyhound, s. Miol-chu, gaothar.
Grice, s. Uircean.

Gridiron, *s.* Branndair, cliath-iaruinn.
Grief, *s.* Bròn, tuirse, doilgheas, mulad, bristeadh cridhe.
Grievance, *s.* 1. A state of uneasiness: iomaguin, an-shocair. 2. the cause of uneasiness: dochann, urchoid, cruaidh-chas.
Grieve, *v. a.* et *n.* 1. Afflict, hurt: cràidh, goirtich, ciùrr, dochainn. 2. make sorrowful: cuir mulad, dean tuirseach. 3. lament: caoidh. 4. be in pain for something past: bi fuidh bhròn, bi fuidh mhulad, bi duilich.
Griever, *s.* Fear-caoidh, fear-cumha.
Grievingly, *adv.* Gu muladach, gu tuirseach, gu brònach.
Grievous, *adj.* 1. Afflictive, painful: doilgheasach, cràidhteach, searbh. 2. such as causes sorrow: muladach, brònach, dubhach. 3. expressing a great degree of uneasiness: gearanach. 4. atrocious, heavy: trom, mòr, anabarrach.
Grievously, *adv.* See Grievous.
Grievousness, *s.* 1. Sorrow, pain, calamity: bròn, doilgheas, cràdh, dosguiun. 2. atrociousness: anabarrachd, antromachadh.
Grig, *s.* 1. A samall eel: easgann bheag. 2. a merry creature: creutair guanach, no mireagach.
Grim, *adj.* 1. Having a countenance of terror, horrible: gruamach, goilleach, duaichnidh, gnù, neo-aoidheil. 2. ugly, ill-looking: grannda, gruamach.
Grimace, *s.* 1. A distortion of the countenance from habit: gruaim, sreamadh, sgreang, goill, braoisg. 2. air of affectation: sealladh cealgach, riochd meallta.
Grimalkin, *s.* Sean chat.
Grime, *v. a.* Salaich, spairt, dubh le poll.
Grime, *s.* Salchar, drabhas.
Grimly, *adj.* et *adv.* See Grim.
Grimness, *s.* Gruamachd, gnùis ghrannda, duaichneachd.
Grin, *v. n.* Cuir dréin ort, cas t-fhiaclan.
Grin, *s.* 1. The act of closing the teeth and showing them: dréin, casadh fhiaclan, braoisg. 2. a snare, a trap: painntear, lìon, ribe.
Grind, *v. a.* et *n.* 1. Reduce any thing to powder by friction: meil, bleith, pronn. 2. sharpen or smooth by rubbing on something hard: geuraich. 3. rub one against another: suath. 4. harass: sàruich, claoidh. 5. perform the act of grinding: meil, dean bleith, bi bleith.
Grinder, *s.* 1. One that grinds: muillear, meiltear. 2. the instrument of grinding: muilean. 3. the back teeth: fiacaill chùil, cùlag. 4. the teeth in irony or contempt: fiacaill, cab.
Grindlestone, } *s.* Clach-gheuraiche, clach-bhleith.
Grindstone, }
Grinner, *s.* Fear-dréineach, fear-braoisgeach.
Grinning, *adj.* Braoisgeach, dréineach.
Grinningly, *adv.* See Grinning.
Gripe, *v. a.* et *n.* 1. Grasp: greimich, glac. 2. hold hard: teannaich, greimich, cum daingeann. 3. close, clutch: teannaich, fàisg. 4. pinch, press: gomagaich, teannaich. 5. give a pain in the bowels: goirtich mionach, cràidh. 6. feel the cholic: fairich cràdh mionaich.
Gripe, *s.* 1. Grasp, hold: greim, teann-ghreim. 2. squeeze, pressure: fàsgadh, teannachadh. 3. oppression: fòirneart, ainneart. 4. affliction, pinching distress: éiginn, teanntachd, cruaidh-chas. 5. belly ache: greim mionaich.
Griper, *s.* See Extortioner.
Griping, *s.* 1. Pain arising from cholic: greim mionaich. 2. distress, affliction: àmhghar, trioblaid.
Gripingly, *adv.* Gu cràidhteach, mar ghreim mionaich.
Grisly, *adj.* Déistinneach, gairisneach, oillteil.
Grist, *s.* 1. Corn to be ground: sìol, gràn. 2. supply, provision: solar, lòn.
Gristle, *s.* Maothan, brisgein.
Gristly, *adj.* Maothanach.
Grit, *s.* 1. The coarse part of meal: garbhan, còrluch, pronn. 2. sand: gainmheach.
Gritty, *adj.* Grinnealach, gainmheineach.
Grizzle, } *adj.* Gris-fhionn.
Grizzled, }
Groan, *v. n.* Osnaich, acain, gearain, cnead.
Groan, *s.* Acain, osnadh, cnead, iargainn, gearan, gròmhan.
Groaning, *s.* Osnaich, cneadaich, gròmhanaich.
Groat, *s.* Cota bàn, ceithir sgillinn.
Groat's worth, *s.* Luach cota bhàin.
Grocer, *s.* Ceannuiche loin.
Grocery, *s.* Lòn, annlan.
Grog, *s.* Spiorad is uisge coimheasgta.
Groin, *s.* Loch-bhlèin.
Groom, *s.* 1. A boy, a waiter, a servant: eachlaoch, graighear, gill' each. 2. a young man: gill' òg. 4. a man newly married: duin' òg.
Groove, *v. a.* Gròb.
Groove, *s.* 1. A deep cavern or hollow in mines: uamha slochd. 2. a channel or hollow cut with a tool: clais.
Grope, *v. a.* et *n.* 1. Feel where one cannot see: smeuraich, smògaich. 2. search by feeling in the dark: smeuraich, bi meurachadh 's an dorch.
Groper, *s.* Fear-smeurachaidh.
Gross, *adj.* 1. Thick, bulky: garbh, tiugh, dòmhail, reamhar, sultmhor. 2. shameful, unseemly: nàr, déistinneach, daochail. 3. intellectually coarse: garbh, neo-cheanalta, neo-thaitneach. 4. inelegant, disproportionate in bulk: garbh, plucach, geinneach. 5. dense, not refined: tiugh, neo-ghlan, neo-fhìnealta. 6. stupid, dull: neothuigseach, pleòisgeach. 7. coarse, rough, not delicate: garbh, neo-ghrinn. 8. large, aggregate: iomlan, coimhlionta, uile. 9. heavy, oppressive: trom, an-shocrach.
Gross, *s.* 1. The main body: a' chuid mhòr, a' chuid a 's mò. 2. the bulk, the whole not divided into its several parts: an t-iomlan. 3. the number of twelve dozen: dà dhusan deug.
Grossheaded, *adj.* Trom-cheannach, plaoisgeach.
Grossly, *adv.* See Gross, *adj.*
Grossness, *s.* 1. Coarseness, thickness, density:

gairbhe, tiughad, dòmhlachd. 2. unwieldy corpulence: reamhrachd, sultmhorachd, feamachas. 3. intellectual coarseness: pleòisgealachd, umpadalachd.
Grot, *s.* Uamha, còs.
Grotesque, *adj.* Neònach, iongantach, mi-dhealbhach.
Grotesquely, *adv.* See Grotesque.
Grotto, *s.* Sgàil-thigh, uamha.
Grove, *s.* Doire, badan, coille.
Grovel, *v. n.* 1. Lie prone, creep low on the ground: snàig, màg, luidh air do bhlian. 2. be mean: bi miodhair, bi suarach, bi ìosal.
Groveller, *s.* Miodhoir, spìocair.
Ground, *s.* 1. The earth, considered as superficially extended: talamh, làr, fonn. 2. the earth as distinguished from air or water: talamh. 3. land, country: fearann, fonn, tìr. 4. region, territory: tìr, dùthaich. 3. estate, possession: seilbh, oighreachd, fearann. 6. dregs, lees: dèasgann, druaip, 7. the fundamental substance: stéidh, aobhar, bun, bonn, reusan. 8. the first principles of knowledge: bun, bunchar, toiseach. 9. the space occupied by an army as they fight: talamh, làrach. 10. state of progress or recession: teachd air aghart, no, dol air ais.
Ground, *v. a.* 1. Place or set in the ground: suidhich 's an talamh, cuir 's an fhonn. 2. fix on the ground: socraich air làr. 3. found as upon a cause: stéidhich, suidhich, socraich, taic. 4. settle in first principles or rudiments of knowledge: suidhich, bonn-shuidhich, stéidhich.
Ground-floor, *s.* Urlar, urlar ìochdrach.
Ground-ivy, *s.* Athair lusa, eidhnein-thalmhainn.
Ground-plate, *s.* Sail-ìochdair.
Ground-plot, *s.* Làrach, urlar.
Ground-rent, *s.* Màl làraich.
Ground-room, *s.* Seòmar làir.
Ground-tackle, *s.* Acfhuinn acrach.
Groundedly, *adv.* Air deadh bhunadh, gu greimeil.
Groundless, *adj.* } Gun reusan, gun aobhar, gun
Groundlessly, *adv.* } stéidh, gun chion-fàth.
Groundlessness, *s.* Mi-ṙeusontachd, cion aobhair.
Groundsel, *s.* Grunnasg.
Groundwork, *s.* 1. The ground, the first stratum, the first part of the whole: bunabhas, stéidh, bun, bonn. 2. the first part of an undertaking, the fundamentals: tionnsgnadh, toiseach, bunchar. 3. first principle, original reason: ceud-thùs, màthair aobhair, aobhar.
Group, *s.* Grunnan, dòrlach, comh-chruinneachadh.
Group, *v. a.* Grunnanaich, comh-chruinnich.
Grouse, *s.* Eòin ṙuadha, eòin fhraoich.
Grow, *v. a.* et *n.* 1. Cause to grow: thoir fàs air. 2. vegetate, have vegetable motion: fàs, cinn, cinnich. 3. increase in stature or bulk: fàs, cinnich, meudaich. 4. improve, make progress: fàs, cinnich, rach air aghart. 5. come forward: thig air aghart, fàs. 6. turn: tionndaidh. 7. proceed as from cause or reason: sruth, lean. 8. adhere: comh-lean. 9. swell: at, éirich suas.

Grower, *s.* 1. An increaser: fear cinneachaidh, fear fàis. 2. a considerable farmer: fear togail spréidhe, tuathanach.
Growing, *s.* Fàs, cinneachadh, meudachadh.
Growl, *v. a.* et *n.* 1. Signify or express by growling: dean grùnsgul, dean borbhanaich. 2. snarl or murmur like an angry cur: talaich, bi grùnsgulach.
Growl, *s.* Grùnsgul, talach, borbhan.
Grown, *part.* Cinnichte, air cinneachadh, air fàs.
Growth, *s.* 1. Vegetation, vegetable life: fàs, cinneachadh, cinneas. 2. product, production: toradh, cinneas. 3. increase in number, bulk, or frequency: cinneachadh, meudachadh. 4. improvement, advancement: fàs, teachd air aghart.
Grub, *v. a.* Bùraich, tochail, cladhaich, treachail, ruamhair.
Grub, *s.* 1. A small worm that eats holes in bodies: cnuimh mhillteach. 2. a short thick man, a dwarf: luspardan, troich.
Grubble, *v. a.* Snàig, smeuraich.
Grudge, *v. a.* et *n.* 1. Envy: gabh farmad ri. 2. give or take unwillingly: maoidh air, talaich. 3. murmur, repine: talaich, dean grùnsgul, gearain, bi borbhan. 4. be unwilling, be reluctant: bi neo-thoileach. 4. be envious: bi farmadach, bi gamhlasach.
Grudge, *s.* 1. Old quarrel, sullen malice: mì-ṙun, falachd, gamhlas tnù. 2. anger, ill-will: fearg, corruich, mì-ṙun. 3. unwillingness to benefit: neo-thoilealachd. 4., envy, odium: farmad, diomb. 5. remorse of conscience: cràdh, pian, guin.
Grudger, *s.* Fear-talaich, fear-borbhanach.
Grudging, *s.* See Grudge, *s.*
Grudgingly, *adv.* Gu h-aindeonach, gu neo-thoilichte, gu mì-ṙunach.
Gruel, *s.* Easach, brochan tana, tiosan.
Gruff, *adj.* Gnoigeasach, gnoigeach, gruamach, doirbh, ascaoin.
Gruffly, *adv.* See Gruff.
Gruffness, *s.* Gruamachd, doirbheachd.
Grum, *adj.* See Grim.
Grumble, *v. n.* 1. Murmur with discontent: dramhd, talaich, dean duarmanaich, dean borbhanaich, gearain, dean grùnsgùl. 2. make a hoarse rattle: dean borbhan, dean torman, dean dùrdail.
Grumbler, *s.* Fear-duarmanachaidh, fear-gearain.
Grumbling, *s.* Gearan, borbhanaich, duarmanaich, dramhdan.
Grumblingly, *adv.* Gu h-aindeonach, gu neo-thoileach.
Grumous, *adj.* Tiugh, righinn.
Grunt, } *v. n.* Dean gnosail, sgiamh mar mhuic,
Gruntle, } rùchd.
Grunt, *s.* 1. The noise of a hog: gnosail, gnosd, grùnsgulaich, rùchd. 2. a groan: osnadh, cnead, acain.
Grunter, *s.* Fear-gnosail.
Grunting, *s.* Gnosail.
Gruntling, *s.* Uircean.
Grutch, *v. a.* See Grudge, *v. a.*

Grutch, *s.* See Grudge, *s.*

Guarantee, *s.* 1. A power who undertakes to see stipulations performed: urras, fear-urrais. 2. engagement to secure the performance of articles: urras, dearbhachd.

Guard, *v. a.* et *n.* 1. Watch by way of defence and security, defend, protect by caution, provide against objections: dìon, dìdinn, gléidh. 2. adorn with ornamental borders: dean fraoidhneasach. 3. be in a state of caution or defence: bi dìon, bi coimhead, dean faire.

Guard, *s.* 1. A man, or body of men whose business is to watch by way of defence or prevention: freiceadan. 2. a state of caution or vigilance: faire, earalas, faicill, coimhead. 3. part of the hilt of a sword: dìon claidheimh, ceann-bheart. 4. in fencing, a posture to defend the body from the sword of the opponent: dìon.

Guard-chamber, Guard-room, } *s.* Seòmar an fhreiceadain.

Guardedly, *adv.* Gu faicilleach, gu cùramach.

Guardedness, *s.* Cùram, faicill.

Guarder, *s.* Fear-freiceadain, fear-gléidhidh.

Guardian, *s.* 1. One that has the care of an orphan: fear cùraim dhilleachdan, dìdionair, fear-ionaid athar. 2. one to whom the care and preservation of any thing is committed: fear-gléidhidh, fear-dìona.

Guardian, *adj.* Dìonach, gléidhteach.

Guardianship, *s.* Oifig dìdionair, cùram dhilleachdan.

Guardless, *adj.* Gun dìon, gun dìdean.

Guardship, *s.* 1. Care, protection: cùram gléidhidh, dìon, dìdean. 2. a king's ship to guard the coast: long-dhìona.

Gubernate, *v. a.* See Govern.

Gubernation, *s.* See Government.

Gudgeon, *s.* 1. A small fish found in brooks and rivers easily caught: bronnag. 2. a man easily cheated: baothair, cliobair. 3. something to be caught to a man's own advantage: clibist, mealladh.

Guess, *v. a.* et *n.* 1. Hit upon by accident: amais, tomhais, thoir tuaiream. 2. conjecture: thoir barail, baralaich, tomhais, thoir tuaiream.

Guess, *s.* Barail, tuaiream, meas.

Guesser, *s.* Fear-baralachaidh, fear-tuaireim.

Guest, *s.* 1. One entertained in the house at the table of another: aoidh. 2. a stranger: coigreach, fear-cuairt, àrsannach.

Guest-chamber, *s.* Seòmar-aoidheachd.

Guggle, *v. n.* Dean glug, bi glugach.

Guidage, *s.* Duais fir iùil.

Guidance, *s.* Seòladh, steòrnadh, iùl, stiùradh, treòrachadh, riaghladh.

Guide, *v. a.* 1. Direct in a way: seòl, steòrn, treòraich, stiùir. 2. govern by counsel, instruct: treòraich, teagaisg. 3. influence: treòraich, stiùir. 4. regulate, superintend: riaghail.

Guide, *s.* 1. One who directs another in his way: fear-treòrachaidh, fear-iùil, ceann-iùil, fear-seòlaidh, fear-steòrnaidh. 2. one who directs another in his conduct: fear-seòlaidh, comhairleach. 3. director, regulator: riaghlair, stiùradair.

Guideless, *adj.* Seachranach, gun stiùradair, gun fhear-iùil.

Guidepost, *s.* Clàr-seòlaidh.

Guild, *s.* 1. A society, a corporation, a fraternity: comunn, bràithreachas, buidheann. 2. a townhall: talla baile-mòir.

Guildhall, *s.* Talla baile-mòir.

Guile, *s.* Cealg, foill, cuilbheart, cluain, mealladh.

Guile, *v. a.* Cuir an ainriochd.

Guileful, *adj.* Cealgach, foilleil, cuilbheartach, meallta, carach.

Guilefully, *adv.* See Guileful.

Guilefulness, *s.* Cealgaireachd, foillealachd, cluaintearachd.

Guileless, *adj.* Neo-chealgach, neo-fhoilleil, ionraic, dìreach, treibhdhireach, gun ghò.

Guiler, *s.* Cealgair, mealltair.

Guillemot, *s.* Calltag, eun a' chrùbain.

Guillotine, *s.* Inneal dìth-cheannaidh.

Guillotine, *v. a.* Dìth-cheann.

Guilt, *s.* Ciont, coire, cron, Jochd, easaontas.

Guiltily, *adv.* See Guilty.

Guiltiness, *s.* Ciont, ciontachd, aingidheachd.

Guiltless, *adj.* 1. Innocent, free from crime: neo-chiontach, neo-choireach, neo-lochdach. 2. unpolluted: glan, ionraic, neo-thruaillidh.

Guiltlessness, *s.* Neo-chiont, neo-chiontachd.

Guilty, *adj.* 1. Justly charged with crime, not innocent: ciontach, coireach. 2. wicked, corrupt: aingidh, coiripidh, truaillidh.

Guinea, *s.* Sgillin thar fhichead Shasunnach.

Guineahen, *s.* Cearc-innseanach.

Guise, *s.* 1. Manner, mien: seòl, modh, dòigh. 2. practice, custom: nòs, gnàth, cleachdadh. 3. external appearance, dress: aogas, éideadh.

Gulch, *v. n.* See Glut.

Gulch, Gulchin, } *s.* See Glutton.

Gules, *adj.* Dearg.

Gulf, *s.* 1. A bay: camus, geodha, bàgh. 2. an abyss: dubhaigean. 3. a whirlpool: cuartag, cuinneag-thuaitheal. 4. any thing insatiable, as the mouth or stomach: slugan.

Gulfy, *adj.* Cuartagach, sluigeach, geodhach.

Gull, *v. a.* Meall, thoir car á, dean cleas air.

Gull, *s.* 1. A cheat, a fraud, a trick: car, cleas, mi-chleas, clibeag, mealladh, cuilbheart. 2. a stupid animal, one easily cheated: cliobair, baothair. 3. a sea bird: faoileag, farspag.

Gullcatcher, *s.* Mealltair, fear-meallaidh chliobairean.

Gullet, *s.* Sgòrnan, slugan, deteigheach, eitigheach.

Gullish, *adj.* Baoth, faoin, òinideach.

Gully, *v. n.* Ruith le torman, sruth le borbhan.

Gully, *s.* Clais dhomhain uisge.

Gully-hole, *s.* Toll guiteir.

Gulosity, *s.* See Greediness.

Gulp, *v. a.* Gloc, glut, sluig.

Gum, *s.* 1. A substance of the resinous kind: bìth.

2. the fleshy covering that invests the teeth: càircan.
Gum, *v. a.* 1. Smear with gum: buaic le bìth, dlùthaich le bìth. 2. adorn with gums or essences: cuir spìosradh air.
Gumminess, *s.* Rìghnead, rìghneachas.
Gummous, } *adj.* Bìtheanta, righinn.
Gummy, }
Gun, *s.* Gunna, dubh-bhannach.
Gunner, *s.* Gunnadair, gunnair.
Gunnery, *s.* Gunnadaireachd.
Gunpowder, *s.* Fùdar, fùdar gunna.
Gunshot, *s.* Urchair gunna.
Gunsmith, *s.* Gobha ghunnachan, fear-deànaimh ghunnachan.
Gunstick, *s.* Slat gunna.
Gunstock, *s.* Stoc gunna.
Gunstone, *s.* Urchair gunna-mhòir.
Gunwale, *s.* Beul mòr luinge, slat-bheòil.
Gurge, *s.* Cuartag, cuinneag-thuaitheal.
Gurgle, *v. n.* Dean glugan, bi glugraich.
Gush, *v. n.* Spùt, sruth, brùchd taom, taoisg.
Gush, *s.* Spùt, brùchd, taom, taosg.
Gusset, *s.* Guisead, cang.
Gust, *s.* 1. Sense of tasting: blas. 2. height of sensual enjoyment: sàth mhiann. 3. love, liking: déigh, miann, taitneachd. 4. intellectual taste: tlachd, aomadh inntinn. 5. a sudden violent blast of wind: osag, oiteag, cuairt-ghaoth.
Gust, *v. a.* Blais.
Gustable, *adj.* Blasda, milis, taitneach.
Gustation, *s.* Blasad, blas, blasachd.
Gustful, *adj.* Blasda, taitneach.
Gusto, *s.* 1. The relish of any thing: blas. 2. intellectual taste, liking: miann, aomadh inntinn.
Gusty, *adj.* Stoirmeil, gaothar, oiteagach.
Gut, *s.* 1. The long pipe reaching with many convolutions from the stomach to the vent: caolan, greallach. 2. the stomach: goile. 3. gluttony: geòcaireachd glamaireachd, craos. 4. a passage: slighe.
Gut, *v. a.* 1. Eviscerate, cut: thoir am mionach á. 2. plunder of contents: spùill, spùinn.
Gutter, *s.* Guitear.
Gutter, *v. a.* Cladhaich guitear.
Guttle, *v. a.* et *n.* See Glut, *v. a.*
Guttulous, *adj.* Boinneach.
Guttural, *adj.* Tùchanach, a' labhairt troimh 'n sgòrnan.
Guzzle, *v. a.* Sluig, òl gu bras, glam.
Guzzle, } *s.* Tollaran, geòcaire gionach, glaimhear, pòitear.
Guzzler, }
Gybe, *s.* Beum, sgeig, fochaid.
Gybe, *v. n.* Beum, sgeig, fochaidich.
Gymnasium, *s.* Sgoil charachd, sgoil lùth-chleas.
Gymnastic, *adj.* Carachdach, lùth-chleasach, reachdmhor.
Gymnastically, *adv.* See Gymnastic.
Gymnospermous, *adj.* Sìol rùisgte.
Gynecocracy, *s.* Uachdaranachd bhan.
Gypsum, *s.* Aol geal.
Gyration, *s.* Cur mu chuairt, cuartalan.
Gyre, *s.* Cuairt, cuairteag, cearcall.
Gyre, *v. a.* Cuir mu chuairt, tionndaidh mu chuairt.
Gyred, *adj.* Cuarsgach, snìomhain.
Gyve, *s.* Geimheal, cuibhreach, ceap, glas chas.
Gyve, *v a.* Geimhlich, cuibhrich, cuir an ceap.

Ha! *interj.* Ha!
Habeas Corpus, *s.* Lagh comais tagradh.
Haberdasher, *s.* Ceannaich' aodaichean.
Haberdashery, *s.* Aodaichean.
Haberdine, *s.* Trosg saillte tioram.
Habergeon, *s.* Uchd-éideadh, dìon-amhaiche.
Habiliment, *s.* Uidheam, earradh, éideadh, culaidh, trusgan.
Habilitate, *adj.* Uidheamach, cubhaidh, iomchuidh.
Habit, *s.* 1. State of any thing: cor, staid. 2. dress, accoutrement, garment: uidheam, deis, earradh, éideadh. 3. custom, inveterate use: cleachdadh, gnàthachadh.
Habit, *v. a.* Uidheamaich, sgeadaich, éid, còmhdaich.
Habitable, *adj.* So-àiteachaidh, freagarrach air son còmhnuidh.
Habitableness, *s.* Freagarrachd air son àiteich.
Habitance, *s.* Dachaidh, àros, tigh, àite còmhnuidh.
Habitant, *s.* Tàmhach, tàmhaiche, fear-àiteachaidh.
Habitation, *s.* 1. Act of inhabiting, state of dwelling: àiteachadh, tuineachadh. 2. place of abode, dwelling: dachaidh, àros, tàmh-àite, ionad-còmhnuidh.
Habitator, *s.* See Habitant.
Habitual, *adj.* Cleachdach, gnàthach, gnàthaichte, coitchionn.

Habitually, *adv.* See Habitual.
Habituate, *v. a.* Cleachd, gnàthaich, dean ri.
Habitude, *s.* 1. Relation, respect: càirdeas, còrdadh. 2. familiarity, converse, frequent intercourse: gnàthachadh, cleachdadh. 3. the power of doing any thing required by frequent repetition: comas cleachdaidh.
Habnab, *adv.* Air thuiteamas, air thuaiream.
Hack, *v. a.* et *n.* 1. Cut into small pieces: gèarr, spealg, seàrr, eagaich, bloighdich, snaidh. 2. speak unreadily: bi teabadaich, bi manndach. 3. turn hackney or prostitute: bi 'n a d' dhubh-choitchionn.
Hack, *s.* Each réidh, tàrlaid.
Hackle, *v. a.* 1. Dress flax: seicil, cìr. 2. separate, tear asunder: cìr, thoir as a chéile.
Hackle, *s.* Seiceal.
Hackney, *s.* 1. a pacing horse, a pad: fàlaire. 2. a hired horse: each réidh. 3. a hireling a prostitute: dubh-choitchionn. 4. any thing let out for hire: tàrlaid.
Hackney, *adj.* 1. Worn out, like a hired horse: sgìth, reangach. 2. prostitute, vicious for hire: gnàthaichte, cleachdach.
Hackney-coachman, *s.* Réidh-charbadair.
Hackney, *v. a.* 1. Practice in one thing: gnàthaich, cleachd, dean min eòlach. 2. carry in a hackney coach: giùlain an carbad réidh.
Hacqueton, *s.* Gearr-chòta dìon.
Haddock, *s.* Adag.
Haft, *s.* Cas, làimh, samhach.
Haft, *v. a.* Cuir cas ann.
Hag, *s.* 1. A witch, an enchantress: baobh, bandraoidh, buitseach. 2. a fury, a she-monster: baobh, baobh-chuthaich. 3. an old ugly woman: cailleach gharbh-ghlas, cailleach ghoilleach.
Hag, *v. a.* Léir, pian, sàruich, cràidh, cuir fuidh bhuaireas.
Haggard, *adj.* 1. Wild, untamed: fiadhaich, borb, do-cheannsaichte, garg. 2. lean, rugged: reangach, caol. 3. deformed with passion: duaichnidh, grannda, oillteil, fiadhaich.
Haggard, *s.* 1. Any thing wild or irreclaimable: rud fiadhaich, no, fiadhain. 2. a species of hawk: seòrsa seabhaig.
Haggardly, *adv.* See Haggard, *adj.*
Haggess, *s.* Taigeis.
Haggish, *adj.* Basbhail, basbhaidh, duaichnidh.
Haggle, *v. a.* et *n.* 1. Cut, chop, mangle: geàrr, pronn, eagaich, min-phronn. 2. be tedious in a bargain: connsaich.
Haggler, *s.* 1. One that cuts: fear-gearraidh, fear-eagachaidh. 2. one that is tardy in bargaining: fear righinn an comh-cheannachd.
Hagiographer, *s.* Naomh sgrìobhadair.
Hah! *interj.* Hah!
Hail, *s.* Clach-mheallain, clach-shneachd.
Hail, *v. a.* et *n.* 1. Pour: taom, dòirt. 3. pour down hail: fras clach-mheallain. 2. salute: fàiltich.
Hail, *interj.* Fàilte! slàinte!
Hail-fellow, *s.* Companach.
Hail-shot, *s.* Luaithe chaol.
Hailstone, *s.* Clach-mheallain, clach-shneachd.
Haily, *adj.* Meallanach.
Hair, *s.* 1. The tegument that covers the head: falt, folt. 2. the wooly substance that covers other parts of the body: fionnadh, gaoisid. 3. a single hair: ròin, fuiltean. 4. any thing proverbially small: ròine. 5. course, order, grain: calg.
Hairbrained, *adj.* Sgaogach, gaoitheanach.
Hairbreadth, *s.* Leud ròine, caol-thèarnadh.
Haircloth, *s.* Lùireach fir ascaoin eaglais.
Hairiness, *s.* Ròmaiche, ròmaichead.
Hairlace, *s.* Stìom, faltan, crios.
Hairless, *adj.* Gun fhalt, gun fhionnadh, maol.
Hairy, *adj.* Faltach, ròmach, molach, gioballach, gaoisideach, fionnach.
Halberd, *s.* Tuagh chogaidh.
Halberdier, *s.* Fear-tuagh-chogaidh.
Halcyon, } Halcyonian, } *adj.* Sèimh, ciùin, sàmhach, sìtheil.
Hale, *s.* Slàinte, bith gu maith.
Hale, *adj.* 1. Healthy, sound, hearty: slàn, fallain, cridheil, sùgach. 2. whole, uninjured: slàn, fallain.
Hale, *v. a.* Slaod, tarruing, dragh.
Haler, *s.* Draghair, fear-tarruing.
Half, *s.* Leth, bloigh.
Half, *adv.* 'N a dhà leth, 'n a dhà bhloigh.
Half-blood, *s.* Leth-bhràthair, no leth-phiuthar.
Half-blooded, *adj.* Dìblidh, suarach, truaillidh.
Half-brother, *s.* Leth-bhràthair.
Half-dead, *adj.* Leth-mharbh.
Half-heard, *adj.* Air a leth-chluinntinn.
Half-learned, *adj.* Leth-ionnsuichte.
Half-lost, *adj.* Caillt' ach beag.
Half-moon, *s.* Leth-ghealach, gealach leth-làn.
Half-penny, *s.* Bonn-a sè, bonn a sia, leth-pheighinn.
Half-pennyworth, *s.* Luach buinn-a-sè.
Half-pint, *s.* Leth-phinnt.
Half-scholar, *s.* Leth-sgoilear.
Half-seas over, *adj.* Air an leth dhaoraich, soganach, froganach.
Half-sighted, *adj.* Geàrr-sheallach.
Half-sword, *s.* Còmhrag dhlùth.
Half-wit, *s.* Gloic, òinid, pleodhaisg, guraiceach.
Half-witted, *adj.* Gloiceach, òinideach, pleodhaisgeach.
Halfer, *s.* Fear-seilbh leth ni.
Halidom, *s.* Muire, mionnachadh air naomh.
Halimass, *s.* See All-Souls.
Haling, *s.* Draghadh, tarruing.
Halituous, *adj.* Ceòthar, smùideach.
Hall, *s.* 1. A court of justice: talla-mòid. 2. a manor-house: lùchairt, tigh-mòr. 3. the public room of a corporation: talla comuinn, talla luchd coinneimh. 4. the first large room of a house: talla.
Hallelujah, *s.* Alleluia, moladh do Dhia.
Halliards, *s.* Cùird, no, buill nan seòl.
Halloo, *interj.* Hò, air aghairt.
Halloo, *v. a.* et *n.* 1. Encourage with shouts: stuig, leig, brosnaich, glaodh. 2. cry as after the

dogs: glaodh, dean gàir. 3. treat as in contempt: glaodh, beuc, dean gàir ri.

Hallooing, *s.* Glaodhaich, gàirich, sgairtich.

Hallow, *v. a.* Naomhaich, coisrig, beannaich.

Hallowmas, *s.* Féill na Samhna.

Hallucination, *s.* Mearachd, tuisleadh, dearmad.

Halm, *s.* Fodar, connlach.

Halo, *s.* Roth na gréine, no na gealaich, ré-chearcall.

Halser, *s.* Taod, còrd, ball bàta.

Halt, *v. n.* 1. Be limp, be lame: bi crùbach, bi bacach. 2. stop in a march: stad, seas. 3. hesitate, stand dubious: bi 'n imcheist, bi 'n iomachomhairle. 4. fail, faulter: tuislich, bi teabadaich.

Halt, *adj.* Crùbach, bacach.

Halt, *s.* 1. The act of limping: crùbaiche, bacaiche. 2. a stop in march: stad, seasamh.

Halter, *s.* 1. He who limps: fear-crùbach criplеach. 2. a rope to hang malefactors: còrd crochaidh. 3. a rope, a strong string: còrd, taod. aghas tair.

Halter, *v. a.* Cuir aghastair air.

Haltingly, *adj.* Gu crùbach, gu bacach, gu fàrdalach, gu seamsanach.

Halve, *v. a.* Roinn 'n a dhà leth, dean dà leth.

Ham, *s.* 1. The hip: spàg, sliasaid, ceithreamh deiridh, bòdhan. 2. the thigh of a hog salted: sliasaid chrochta muice.

Hamated, *adj.* Dubhanach, crom, làn dhubhan.

Hame, *s.* Bràighdeach.

Hamlet, *s.* Baile beag, clachan, frith-bhaile.

Hammer, *s.* Òrd, fairche.

Hammer, *v. a.* et *n.* 1. Beat with a hammer: buail le òrd, bi a' faircheadh. 2. work in the mind: spàrr gu teann, buail a stigh. 3. work, be busy: oibrich, bi dìan obair. 4. be in agitation: bi crith, bi gluasad.

Hammerer, *s.* Fear-ùird, fear-fairche.

Hammerman, *s.* Fear-bualaidh ùird.

Hammock, *s.* Leaba udalach, leaba chrochta, spiris.

Hamper, *s.* Cliabh, cliabhan, sgùlan.

Hamper, *v. a.* 1. Shackle, entangle: cuibhrich, cuir amladh air. 2. ensnare, inveigle, catch with allurements: glac, cuir an sàs, cuir an ribe. 3. perplex, embarrass: cuir an imcheist, cuir am breathal.

Hamstring, *s.* Fèithe na h-iosgaid.

Hamstring, *v. a.* Gearr fèithe na h-iosgaid.

Hand, *s.* 1. The palm with the fingers: làmh. 2. measure of four inches: làmh, tomhas cheithir òirleach. 3. side, right or left: làmh, taobh. 4. ready payment: làmh. 5. rate: prìs, luach. 6. terms, conditions, rate: cor, dòigh. 7. act, deed: gnìomh, dèanadas. 8. performance: obair, gnìomh. 9. attempt, undertaking: deuchainn, oidhirp. 10. workmanship: obair, gnìomh. 11. manner of acting or performing: modh, gnàths, dòigh. 12. care, necessity of managing: cùram, làmh. 13. discharge of duty: cur an gnìomh. 14. reach, nearness: dlùth, fagus. 15. state of being in preparation: làmh, dol air aghart. 16. cards held at a game: làmh. 17. scheme of action: dòigh, seòl. 18. advantage, gain: buannachd, tairbhe. 19. agency of conveyance: làmh. 20. possession, power: seilbh, cumhachd. 21. method of government, restraint: uachdaranachd, riaghladh. 22. that which performs the office of a hand in pointing: meur. 23. agent, person employed: làmh, dèantach. 24. an actor, a soldier or sailor: làmh. 25. hand-*writing:* làmh-sgrìobhaidh. 26. hand *over head:* neo-fhaicilleach, neo-chùramach. 27. hand *to hand:* uchd ri uchd. 28. hand *in hand:* làmh air làimh. 29. hand *to mouth:* o làmh gu beul. 30. bear in *hand:* cum an dùil. 31. be hand *and glove:* a réir a chéile.

Hand, *v. a.* et *n.* 1. Give or transmit with the hand: thoir as do làimh, sìn, thoir, thabhair, thoir seachad. 2. guide or lead by the hand: treòruich air làimh. 3. seize, lay hold on: greimich, glac. 4. manage, move with the hand: laimhsich, glac le làimh. 5. transmit in succession: sìn, cuir o làimh gu làimh. 6. go hand in hand, co-operate with: còmh-chuidich.

Handball, *s.* Cluich bùill le làimh.

Handbarrow, *s.* Barra dà làimhe.

Handbasket, *s.* Sgùlan làimhe.

Handbell, *s.* Clag làimhe, làmh-chlag.

Handbreadth, *s.* Leud boise.

Handcuff, *s.* Fiarag, glas-làmh, làmh-ghlas.

Handcraft, *s.* Cèaird, làimh-cheard.

Handed, *adj.* 1. Having the use of the hand: làmhach. 2. with the hands joined: le làmhan glaiste.

Insert, *v. a.* Suidhich, càirich ann, cuir ann, socruich ann.
Insertion, *s.* Suidheachadh, càireadh ann, cur ann, socruchadh ann.
Inserve, *v. a.* Dean feum do.
Inservient, *adj.* Feumail, feumail do.
Inshaded, *adj.* Iom-dhaithte.
Inshrine, *v. a.* See Enshrine.
Inside, *s.* Meadhon, cridhe, builsgean, an taobh stigh.
Insidiator, *s.* Fear-foille, fear-folaich, fear-plaidluidhe.
Insidious, *adj.* Meallta, cealgach, foilleil, carach, lùbach, cuilbheartach, cliùcach, sligheach.
Insidiously, *adv.* See Insidious.
Insidiousness, *s.* Mealltachd, ceilg, foillealachd, lùbachd, cuilbheartachd, cliùcachd, sligheachas.
Insight, *s.* Mion-eòlas, fiosrachadh, sealladh, geurbheachd.
Insignia, *s.* Suaicheantas.
Insignificance, } *s.* Neo-bhrigh, neo-thoirt, faoin-
Insignificancy, } eas, suarachas, neo-phris, tàirealachd.
Insignificant, *adj.* Neo-bhrigheach, neo-thoirteil, faoin, suarach, neo-phrìseil, tàireil, neo-luachmhor.
Insignificantly, *adv.* See Insignificant.
Insignificative, *adj.* Neo-sheadhachail.
Insincere, *adj.* Neo-fhìrinneach, neo-threibhdhireach, breugach, cealgach, neo-dhìleas, claon, foilleil, carach.
Insincerely, *adv.* See Insincere.
Insincerity, *s.* Neo-fhìrinneachd, neo-threibhdhireas, ceilg, neo-dhìlseachd, foillealachd.
Insinuant, *adj.* Brosgalach, miodalach, brionnalach, seòlta.
Insinuate, *v. a.* et *n.* 1. Introduce any thing gently: cuir a stigh, sàth gu fòil. 2. push gently into favour or regard: dean miodal, dean brosgul, faigh a steach air. 3. hint, impart indirectly: thoir sanas, thoir leth-shanas, leth-chiallaich. 4. instil, infuse gently: leig a stigh, sil a stigh. 5. wheedle: thoir a chreidsinn air, thoir an car á.
Insinuation, *s.* 1. Introduction of any thing: cur a stigh, sàthadh. 2. power of pleasing or stealing on the affections: miodal, sodal, goileam, brosgul, brionnal.
Insinuative, *adj.* Seòlt-charach, miodalach, sodalach.
Insinuator, *s.* Fear-miodail, fear-brosguil, seòltchomhairleach.
Insipid, *adj.* 1. Wanting taste: neo-bhlasda. 2. wanting spirit, or pathos, flat, dull, heavy: neo-shunndach, neo-sheadhach, marbhanta, tioram, trom, amhaidh.
Insipidity, } *s.* 1. Want of taste, unsavouriness:
Insipidness, } neo-bhlasdachd. 2. want of life,

or spirit: marbhantachd, tiormachd, truime, amhaidheachd.
Insipidly, *adv.* See Insipid.
Incipience, *s.* Neo-ghliocas, amaideas, gòraiche, baoghaltachd.
Insist, *v. n.* 1. Stand, or rest upon: seas air, socraich, air. 2. dwell upon in discourse: lean air, seas air, buanaich air.
Insistent, *adj.* Seasmhach, leanmhuinneach.
Insitiency *s.* Neo-ìotmhorachd, neo-thartmhorachd.
Insition, *s.* Suidheachadh mheanglan an craobh.
Insnare, *v. a.* Rib, glac, cuir an sàs, lìon-ghlac, amail, aimlisgich.
Insnarer, *s.* Fear-ribidh, fear-glacaidh, fear-lìon-ghlacaidh.
Insobriety, *s.* Mi-stuamachd, ana-measarrachd, misg, misgeachd.
Insociable, *adj.* 1. Averse from conversation: neo-chòmhraideach, neo-chonaltrach. 2. incapable of connexion, or union: do-cheanglaidh, do-aonaidh.
Insolate, *v. a.* Griannich, cuir ri grian.
Insolation, *s.* Grianachadh, cur ri grian.
Insolence, Insolency, *s.* Uaibhreachas, tàir, tarcuis, àrdan, stràichd, beadaidheachd.
Insolent, *adj.* Uaibhreach, tarcuiseach, stràiceil, beadaidh, beag-nàrach.
Insolently, *adv.* See Insolent.
Insolvable, *adj.* 1. Not to be solved, or cleared, inextricable: do-fhuasglaidh, do-sgaoilidh, do-mhìneachaidh, do-réiteachaidh. 2. that cannot be paid: do-dhìolaidh, do-ìocaidh. 3. not to be loosed: do-fhuasglaidh.
Insoluble, *adj.* 1. See Insolvable, 1. 2. not to be dissolved, or separated: do-leaghaidh, do-sgaraidh.
Insolvency, *s.* Briseadh, briseadh creideis.
Insolvent, *adj.* Briste, fuidh fhiachaibh do-dhìolaidh.
Insomuch, *conj.* Ionnas gu, a' mheud agus gu, air chor gu.
Inspect, *v. a.* Rannsuich, ceasnaich, beachdaich, amhairc air.
Inspection, *s.* 1. Prying examination, close survey: amharc, geur amharc, mion-rannsuchadh, dearcadh, beachdadh. 2. superintendence, presiding care: sùl-amharc, cùram.
Inspector, *s.* 1. A prying examiner: fear-rannsuchaidh, fear-sgrùdaidh, fear-fidreachaidh. 2. a superintendent: fear-coimhid, fear-cùraim.
Insperse, *v. a.* Spairt, dòirt air, sgiot air.
Inspersed, *adj.* Spairte, dòirte, sgiota air.
Inspersion, *s.* Spairteadh, dòirteadh, sgiotadh air.
Inspirable, *adj.* So-shùghaidh, so-tharruing a steach.
Inspiration, *s.* 1. The drawing in of the breath: analachadh, sùghadh analach. 2. act of breathing into any thing: analachadh. 3. infusion of ideas into the mind by a superior power: deachdadh, deachdadh an Spioraid.
Inspire, *v. a.* et *n.* 1. Breathe into: analaich air. 2. infuse by breathing: cuir ann le analachadh. 3. infuse into the mind, impress upon the fancy: cuir 's an inntinn, cuir fuidh. 4. animate by supernatural infusion: deachd, deachd do. 5. draw in with the breath: tarruing a stigh, sùgh. 6. draw in the breath: tarruing t'anail. 7. blow as a gentle wind: séid.
Inspirer, *s.* Fear-deachdaidh.
Inspirit, *v. a.* Beothaich, dùisg suas, brosnuich, misnich, neartaich.
Inspissate, *v. a.* Tiughaich, dean tiugh, slamaich.
Inspissated, *adj.* Tiughaichte, slamaichte.
Inspissation, *s.* Tiughachadh.
Instability, *s.* Neo-sheasmhachd, caochlaidheachd, neo-bhunailteachd.
Instable, *adj.* See Unstable.
Instableness, *s.* See Instability.
Install, *v. a.* Cuir an dreuchd, cuir an seilbh dreuchd, suidhich an dreuchd.
Installation, *s.* Cuir an seilbh dreuchd, suidheachadh an dreuchd, dreuchd-shuidheachadh.
Instalment, *s.* 1. See Installation. 2. the seat in which one is installed: dreuchd-ionad, dreuchd-chaithir. 3. a partial payment: earrann-dhìoladh.
Instance, Instancy, *s.* 1. Importunity, urgency, solicitation: cruaidh iarraidh, liosdachd. 2. prosecution, or process of a suit: tagradh. 3. example, document: eisimplear, samhladh. 4. state of any thing: cor, àit. 5. occasion, act: aobhar, gnìomh, cùis.
Instance, *v. a.* Thoir mar shamhladh.
Instant, *adj.* 1. Pressing, urgent, importunate, earnest: maireannach, dian, éigneach, liosda, dian-iarrtasach, dùrachdach. 2. quick, making no delay: dian, cabhagach, bras, ealamh.
Instant, *s.* Tiota, plathadh, àm, tamull, uair.
Instantaneous, *adj.* Grad, obann, an gradaig.
Instataneously, *adv.* See Instantaneous.
Instantly, *adv.* See Instant, *adj.*
Instate, *v. a.* Suidhich, cuir an inbhe.
Instauration, *s.* Aisig, ùrachadh, leasachadh, ath-nuadhachadh.
Instead, *prep.* An àite, an ionad, air son.
Insteep, *v. a.* Bogaich, taisich, cuir am bogadh, cuir fuidhe, fliuch.
Instep, *s.* Uchdan na troidhe.
Instigate, *v. a.* Brosnuich, cuir chuige, buair, stuig, brosnuich gu olc.
Instigation, *s.* Brosnuchadh, cur chuige, stuigeadh, buaireadh.
Instigator, *s.* Buaireadair, fear-brosnuchaidh, droch comhairleach.
Instil, *v. a.* 1. Infuse by drops: sil, sil ann, sil a stigh. 2. insinuate, infuse into the mind: teagaisg, cuir fuidh.
Instillation, *s.* 1. Act of pouring in by drops: sileadh, sileadh a stigh. 2. act of infusing slowly into the mind: teagasg, mion-theagasg.
Instilment, *s.* Sileadh.
Instimulate, *v. a.* See Stimulate.
Instinct, *adj.* Beò, beothail, beathail.
Instinct, *s.* Aomadh nàdurra, nàdur, ciall-gnè.
Instinctive, *adj.* Gnèitheil, nàdurra, nàdurrail.
Instinctively, *adv.* See Instinctive.

Institute, *v. a.* 1. Fix, establish, appoint: suidhich, òrduich, sònruich, socruich. 2. educate, instruct: oil, teagaisg, àraich.
Institute, *s.* 1. Established law, settled order: reachd, lagh, rian, seòl suidhichte. 2. precept, maxim, principle: àithn, àithne, fìrinn shuidhichte.
Institution, *s.* 1. Act of establishing, establishment: suidheachadh, òrduchadh, sònruchadh. 2. positive law: lagh, reachd. 3. education: oilean, foghlum, àireach, ionnsuchadh.
Institutionary, *adj.* Ceud-theagasgach, prìomh, stéidhcil.
Institutor, *s.* 1. An establisher, one who settles: fear-suidheachaidh, fear-òrduchaidh, fear-sònruchaidh. 2. an instructor, educator: fear-oilein, fear-muinidh, fear-teagaisg.
Instop, *v. a.* Druid, dùin suas, cuir stad air.
Instruct, *v. a.* Teagaisg, oileanaich, muin, seòl, comhairlich.
Instructer, *s.* See Instructor.
Instruction, *s.* 1. Act of teaching, information: teagasg, oilean, muineadh, seoladh, eòlas, comhairle. 2. authoritative information, mandate: àithn, seòladh.
Instructive, *adj.* Teagasgach, feumail chum teagaisg.
Instructively, *adv.* See Instructive.
Instructiveness, *s.* Teagasgachd.
Instructor, *s.* Oid'-ionnsachaidh, oide-foghluim, fear-teagaisg, fear-munaidh.
Instructress, *s.* Ban-oide-foghluim, bean-theagaisg.
Instrument, *s.* 1. A tool for any work or purpose: inneal, ball, beart, arm. 2. a musical instrument: inneal-ciùil. 3. a writing containing any contract, or order: bann sgrìobhta, sgrìobhadh. 4. that by which any thing is done: meadhon.
Instrumental, *adj.* Cuideachail, 'n a mheadhon air.
Instrumentality, *s.* Meadhonachd, meadhon.
Instrumentally, *adv.* Mar mheadhon.
Instrumentalness, *s.* Feumalachd.
Insuavity, *s.* Neo-thaitneachd.
Insubjection, *s.* Eas-ùmhlachd, ceannairc.
Insubordination, *s.* Mi-riaghailt, mi-riaghailteachd.
Insubstantial, *adj.* Neo-bhrìoghmhor, neo-sheadhach, neo-fhìor.
Insufferable, *adj.* 1. Intolerable, insupportable: do-fhulang, do-ghiùlain, do-iomchair. 2. detestable, disgusting beyond endurance: ro-oillteil, daochail, ro-ghràineil, dèistinneach.
Insufferably, *adv.* See Insufferable.
Insufficience, } *s.* Neo-choimhliontachd, neo-
Insufficiency, } dhiongmholtachd, easbhuidheachd, neo-fhoghainteachd.
Insufficient, *adj.* Neo-choimhlionta, neo-dhiongmholta, neo-fhogainteach, mi-mhurrach, neo-fhreagarrach.
Insufficiently, *adv.* See Insufficient.
Insupplation, *s.* Séideadh air, analachadh air.
Insuitable, *adj.* See Unsuitable.
Insular, } *adj.* Eileanach, 'n a aonar, leis féin.
Insulary, }

Insular, *s.* Eileanach.
Insulate, *v. a.* Dean 'n a eilean.
Insulated, *adj.* Dealaichte, iom-dealaichte, leis féin.
Insult, *s.* 1. Act of leaping upon any thing: leum, leumadh. 2. act or speech of insolence or contempt: tàmailt, masladh, tàir, tarcuis, dìmeas, beum, toibheum.
Insult, *v. a.* 1. Treat with insult or contempt: tàmailtich, thoir tàmailt do, maslaich, tarcuisich, cuir gu nàire. 2. trample upon, triumph over: saltair air.
Insultation, *s.* Tàmailteachadh, maslachadh, tarcuiseachadh.
Insulter, *s.* Fear-tarcuis, fear-maslachaidh, sgeigear.
Insulting, *s.* See Insultation.
Insultingly, *adv.* Gu tarcuiseach, gu tàireil, gu maslach, gu sgeigeil.
Insuperability, *s.* Do-cheannsaidheachd, do-chlaoidhteachd.
Insuperable, *adj.* Do-cheannsachaidh, do-chlaoidheadh, do-shàruchaidh.
Insuperableness, *s.* See Insuperability.
Insuperably, *adv.* See Insuperable.
Insupportable, *adj.* Do-ghiùlain, do-fhulang, do-iomchair.
Insupportableness, *s.* Do-ghiùlantachd, do-fhulangachd, do-iomchaireachd.
Insupportably, *adv.* See Insupportable.
Insuppressible, *adj.* Do-fholaichte, do-cheiltinn.
Insurance, *s.* Urras, airgiod-urrais.
Insurancer, *s.* Fear-toirt urrais.
Insure, *v. a.* Faigh urras, no, thoir urras air.
Insurgent, *s.* Fear-àr-a-mach, fear-ceannairc.
Insurmountable, *adj.* Do-dhèanaimh, do-chlaoidhte, thar comas.
Insurmountably, *adv.* See Insurmountable.
Insurrection, *s.* Àr a mach, ceannairc.
Insurrectionary, *adj.* Ceannairceach.
Insusceptible, *adj.* Do-ghabhaltach, neo-chomasach air.
Insusurration, *s.* Sanas, leth-shanas, cagair, cagarsaich, borbhan, borbhanachd.
Intactible, *adj.* Do-mhothachaidh, do-fhaireachaidh.
Intangible, *adj.* Do-làimhseachaidh, do-bheantuinn.
Integer, *s.* Slàn-àireamh, an t-iomlan.
Integral, *adj.* Slàn, iomlan, làn, coimhlionta, neo-bhriste.
Integral, *s.* Ant-iomlan.
Integrality, *s.* Iomlanachd, lànachd, coimhliontachd.
Integrally, *adv.* See Integral.
Integrity, *s.* 1. Honesty, uncorrupt mind, purity of manners: treibhdhireas, ionracas. 2. purity: gloine, neo-chiontas. 3. entireness: iomlaineachd, slànachd.
Integument, *s.* Còmhdach, cochull, rùsg.
Intellect, *s.* Tuigse, ciall, toinisg, mothachadh.
Intellection, *s.* Tuigsinn, comas tuigse.
Intellective, *adj.* 1. Having power to under-

stand: tuigseach, ciallach. 2. to be perceived by the intellect, not by the senses: so-thuigsinn, inntinneil.

Intellectual, *adj.* 1. Relating to the understanding, belonging to the mind: inntinneil, inntinneach. 2. having the power of understanding: tuigseach, ciallach.

Intellectuality, *s.* Tuigseachd, ciallachd.

Intelligence, } *s.* 1. Commerce of information,
Intelligency, } notice, mutual communication: fios, fiosrachadh, eòlas, tuigse, co-thuigse. 2. spirit, unembodied mind: spiorad. 3. understanding, skill: tuigse, eòlas.

Intelligencer, *s.* Fear-fiosrachaidh, fear-aithris, fear-naidheachd.

Intelligent, *adj.* Tuigseach, eòlach, fiosrach, foghluimte, ionnsuichte.

Intelligential, *adj.* 1. Consisting of unembodied mind: spioradail, ainglidh. 2. intellectual, exercising understanding: tuigseach, ciallach, tùrail, measrachail.

Intelligibility, *s.* So-thuigsinneachd, soilleireachd.

Intelligible, *adj.* So-thuigsinn, soilleir, so-léirsinn, so-mheasraichte.

Intelligibleness, *s.* See Intelligibility.

Intelligibly, *adv.* See Intelligible.

Intemerate, *adj.* Neo-shalach, neo-thruaillte, glan.

Intemerateness, *s.* Neo-shalaiche, neo-thruaillteachd, gloine.

Intemperament, *s.* Droch càileachd.

Intemperance, } *s.* Ana-measarrachd, mi-stuam-
Intemperancy, } achd, craos, geòcaireachd, ana-miann, anabarr.

Intemperate, *adj.* 1. Immoderate in appetite: ana-measarra, mi-stuama. 2. drunken: misgeach. 3. gluttonous: geòcach, geòcaireach, glutail. 4. passionate, ungovernable: lasanta, feargach, reasgach. 5. excessive, exceeding the just or convenient mean: ana-cuimseach, ana-cuibheasach, anabarra.

Intemperate, *v. a.* Aimhreitich, cuir thar a chéile.

Intemperately, *adv.* See Intemperate, *adj.*

Intemperateness, *s.* 1. Want of moderation: anameasarrachd, mi-stuamachd. See Intemperate, *adj.* 2. unseasonableness of weather: doinnionn, anuair, gaillion.

Intempestive, *adj.* Neo-amail, neo-aimsireil.

Intempesatively, *adv.* See Intempestive.

Intempestivity, *s.* Neo-amalachd, neo-aimsirealachd.

Intenable, *adj.* See Untenable.

Intend, *v. a.* 1. Make intense, strain: sìn a mach, teannaich, dean daingean. 2. pay regard or attention to: thoir faincar, thoir aire do. 3. mean, design: cuir romhad, sònruich, rùnaich, miannaich, togair.

Intendent, *s.* Fear-sùla, fear-freasdail.

Intender, *s.* Fear-rùnachaidh, fear-sònruchaidh, fear-tograidh.

Intendment, *s.* Rùn, miann, togradh.

Intenerate, *v. a.* Maothaich, caoinich, taisich, tlàthaich.

Inteneration, *s.* Maothachadh, caoineachadh, taiseachadh, tlàthachadh.

Intense, *adj.* 1. Raised to a high degree, strained, forced: teann, cruaidh, teannaichte. 3. vehement, ardent: dian, ro-thogarrach, lassarra. 3. anxiously attentive: dlùth-aireach, ro-aireach.

Intensely, *adv.* See Intense.

Intenseness, *s.* 1. State of being enforced to a high degree: teinne, teanntachd. 2. vehemence, ardency: déinead, déine, dian-thogradh. 3. great attention, earnestness: ro-aire, dlùth-aire.

Intension, *s.* Dlùth-theannachadh, sìneadh, teanntachd.

Intensitive, *adj.* 1. Which may admit increase of degree: so-mheudachaidh, meudachail. 2. intent, unremitted: dian, teann.

Intensity, *s.* Anabarr, anabarrachd.

Intensively, *adv.* See Intensive.

Intent, *adj.* Dìchiollach, dlùth-aireach, cùramach, dian-shaothrachail.

Intent, *s.* Rùn, dùrachd, iarrtas, miann, togradh, beachd. To all intents: air na h-uile dòigh.

Intention, *s.* 1. Eagerness of desire: miann, dianthogradh. 2. closeness of attention: ro-aire, dlùth-aire. 3. deep thought: ro-chùram, dian-smuaineachadh. 4. vehemence, or ardour of mind: déigh, ro-dhéigh, déine. 5. design, purpose: rùn, miann, beachd. 6. See Intention.

Intentional, *adj.* Deònach, le deòin, toileach, rùnaichte.

Intentionally, *adv.* See Intentional.

Intentive, *adj.* Aireach, dlùth-aireach, dùrachdach, dìchiollach.

Intentively, *adv.* See Intentive.

Intentiveness, *s.* Dùrachd, dìchiollachd.

Intently, *adv.* See Intent, *adj.*

Intentness, *s.* Ro-aire, dìchioll, geur-aire.

Inter, *v. a.* Adhlaic, tiodhaic, cuir fuidh thalamh, tòrr.

Intercalar, } *adj.* Barrachdail, còrr. Intercalary
Intercalary, } days: laithean corra.

Intercalate, *v. a.* Eadar-chuir.

Intercalation, *s.* Eadar-chur.

Intercede, *v. n.* Eadarghuidh, dean eadar-ghuidhe, dean eadar-mheadhonaireachd.

Interceder, *s.* Eadar-mheadhonair.

Interceding, *s.* See Intercession.

Intercept, *v. a.* 1. Stop and seize by the way: glac 's an t-slighe, beir air. 2. obstruct, cut off, stop from its being communicated: grab, cuir bacadh air, bac.

Intercepter, *s.* Fear-grabaidh, fear-bacaidh.

Interception, *s.* Bacadh, grabadh, eadarghlacadh, ìom-bhachadh.

Intercession, *s.* Eadarghuidhe, eadar-mheadhonaireachd.

Intercessory, *adj.* Eadarghuidheach, eadar-mheadhonaireach.

Intercessor, *s.* Eadar-mheadhonair, eadarghuidhear, fear-tagraidh.

Interchain, *v. a.* Co-cheangail, càraidich, caignich

INTERCHANGE, *v. a.* Malartaich, iomlaidich, eadar-chaochail, caochlaidich.
INTERCHANGE, *s.* Iomlaid, malairt, co-mhalairt, co-iomlaid.
INTERCHANGEABLE, *s.* Iomlaideach, co-iomlaideach, co-mhalairteach.
INTERCHANGEABLENESS, *s.* Co-iomlaideachd, co-mhalairteachd.
INTERCHANGEABLY, *adv.* See Interchangeable.
INTERCHANGEMENT, *s.* Co-iomlaid, co-mhalairt.
INLERCIPIENT, *adj.* Eadar-ghlacach.
INTERCIPIENT, *s.* Grabadh, bacadh, eadar-ghlacadh.
INTERCISION, *s.* Bacadh, grabadh, amaladh, stad, stad-chur.
INTERCLUDE, *v. n.* Druid a mach, dùin a mach, bac.
INTERCLUSION, *s.* Druideadh a mach, dùineadh, a mach, bacadh.
INTERCOLUMNIATION, *s.* Eadar dhà charragh.
INTERCOME, *v. n.* Eadar-ghabh, buin ri, bac.
INTERCOMMON, *v. n.* 1. Feed at the same table: dean comaidh, comh-ith. 2. use commons promiscuously: comh-ionaltair.
INTERCOMMUNITY. *s.* Eadar-choimhearsnachd, eadar-chomunnachadh.
INTERCOSTAL, *adj.* Eadar-aisneach, eadar dhà aisne.
INTERCOURSE, *s.* Co-chomunn, comunnachadh, comunn, comhluadar.
INTERCURRENCE, *s.* Eadar-shlighe.
INTERCURRENT, *adj.* Eadar-shligheach, eadar-ruitheach.
INTERCUTANEOUS, *adj.* Eadar-chraicneach, fuidh 'n chraicionn.
INTERDICT, *v. a.* 1. Forbid, prohibit: toirmisg, seun, bac. 2. prohibit from enjoyment of communion with the church: iom-sgair.
INTERDICT, INTERDICTION, *s.* Bacadh, toirmeasg, grabadh, iomsgaradh.
INTERDICTIVE, INTERDICTORY, *adj.* Toirmeasgach.
INTEREST, *v. a.* et *n.* 1. Concern: cuir fuidh chùram, cuir cùram air. 2. affect: cuir fuidh smuain, cuir air. 3. exert: gabh gnothuch ri, gabh cùram do. 4. give share in: thoir roinn do. 5. affect, move: gluais, drùidh air, cuir air. 6. touch with passion: gluais, dùisg, dùisg suas, 7. gain the affections: tog déigh, cuir an déigh air.
INTEREST, *s.* 1. Concern, advantage, good: leas, maith, buannachd, tairbhe, feum. 2. influence over others: cumhachd, comas, ùghdarras. 3. share, part in any thing: roinn, comh-roinn, comh-pairt. 4. regard to private profit: leth-phairt. 5. money paid for use, usury: ocair, riadh.
INTERFERE, *v. n.* 1. Interpose, intermeddle, meddle: buin ri, buin, dean meachranachd. 2. clash, oppose to each other: cuir eadar, coinnich.
INTERFERENCE, *s.* Eadargain, eadraiginn, buintinn ri, cur eadar.
INTERFLUENT, *adj.* Eadar-shruthach, eadar-ruitheach.
INTERFULGENT, *adj.* Eadar-dhealrach, eadar-dhearsach.
INTERFUSED, *adj.* Eadar-leaghta, eadar-thaomta.
INTERJACENCY, *s.* Eadar-luidhe, eadarrachd.
INTERJACENT, *adj.* Eadar-luidheach, eadar-mheadhonach.
INTERJECT, *v. a.* et *n.* 1. Put between, throw in: eadar-chuir, eadar-thilg. 2. come between, interpose: dean eadraiginn.
INTERJECTION, *s.* 1. The part of speech so called: guth-fhocal. 2. intervention, interposition, act of coming, or of putting something between: eadar-chur, eadar-thilgeadh, eadraiginn.
INTERIM, *s.* An t-àm, 's an àm, eadar-uair, seal, sealan.
INTERJOIN, *v. a.* 1. Join mutually: eadar-cheangail, eadar-dhlùthaich. 2. intermarry: pòs.
INTERIOR, *adj.* A stigh, o 'n leth stigh, a 's fhaide stigh.
INTERIOR, *s.* An leth stigh.
INTERKNOWLEDGE, *s.* Comh-eòlas, co-fhiosrachd.
INTERLACE, *v. a.* Comh-fhigh, eadar-fhigh.
INTERLAPSE, *s.* Eadar-ùine, eadar-àm, eadar-aimsir.
INTERLARD, *v. a.* 1. Measgaich, measgaich le, eadar-chuir.
INTERLEAVE, *v. a.* Eadar-dhuilleagaich.
INTERLINE, *v. a.* Eadar-sgrìobh, eadar-shreathaich.
INTERLINEAR, INTERLINEARY, *adj.* Eadar-shreathach, eadar-sgrìobhta.
INTERLINEATION, INTERLINING, *s.* Eadar-sgrìobhadh, eadar-shreathadh.
INTERLINK, *v. a.* See Interchain.
INTERLOCATION, *s.* Eadar-shuidheachadh.
INTERLOCUTION, *s.* Eadar-labhairt, eadar-chòmhradh, conaltradh.
INTERLOCUTOR, *s.* 1. One who talks with another: eadar-labhrair, fear-conaltraidh. 2. (in Scotch law:) ceud-bhinn, ceud-bhreitheanas.
INTERLOCUTORY, *adj.* Conaltrach, eadar-labhrach.
INTERLOPE, *v. n.* Eadar-leum, ceannaich gun chòir, no, reic gun chòir.
INTERLOPER, *s.* Fear beadaidh, beadagan, sgimilear.
INTERLUCENT, *adj.* Eadar-shoillseach, eadar-dhealrach.
INTERLUDE, *s.* Eadar-chluich.
INTERLUENCY, *s.* Eadar-uisgeachadh, eadar-shileadh.
INTERLUNAR, INTERLUNARY, *adj.* Eadar dhà sholus.
INTERMARRIAGE, *s.* Eadar-phòsadh, co-chleamhnas.
INTERMARRY, *v. n.* Eadar-phòs, dean co-chleamhnas.
INTERMIDDLE, *v. n.* Dean meachranachd, buin ri.
INTERMEDDLER, *s.* Fear meachranach.
INTERMEDIACY, *s.* Eadar-theachd, eadar-thighinn.
INTERMEDIAL, *adj.* Eadar-mheadhonach.
INTERMEDIATE, *adj.* Eadarrach, eadar-mheadhonach.
INTERMEDIATELY, *adv.* See Intermediate.
INTERMENT, *s.* Adhlac, adhlacadh, tiodhlacadh, tòrradh, falar.
INTERMENTION, *v. a.* Eadar-ainmich.
INTERMIGRATION, *s.* Malairt àite, iomlaid-còmhnuidh.
INTERMINABLE, *adj.* Neo-chrìochnach, neo-iomallach, gun chrìoch.

INTERMINATE, *adj.* Neo-chrìochnaichte.
INTERMINATE, *v. a.* Bagair, maoidh air.
INTERMINATION, *s.* Bagradh, maoidheadh air, bagairt.
INTERMINGLE, *v. a.* et *n.* Coimeasgaich, gabh coimeasgadh.
INTERMISSION, *s.* 1. Cessation for a time, intermediate stop: stad, clos, tàmh. 2. intervenient time: eadar-ùine, eadar-aimsir. 3. state of being intermitted: stad-chur. 4. space between two paroxysms of a fever: lasachadh, faothachadh.
INTERMISSIVE, *adj.* Neo-bhitheanta, neo-chonbhallach, neo-ghnàthach.
INTERMIT, *v. a.* et *n.* 1. Forbear any thing for a time, interrupt: sguir, stad sealan, leig tàmh leis. 2. grow mild between the fits, or paroxysms: faothaich, lasaich. 3. cease for a time: clos, stad rè ùine.
INTERMITTENT, *adj.* Neo-bhitheanta, a thig 's a dh' fhalbhas.
INTERMIX, *v. a.* et *n.* Coimeasg, co-mheasgaich.
INTERMIXTURE, *s.* Coimeasgadh, coimeasg.
INTERMUNDANE, *adj.* Eadar dhà shaoghal.
INTERMURAL, *adj.* Eadar dhà bhalla.
INTERMUTUAL, *adj.* Eadar-mhalairteach, eadar-iomlaideach.
INTERNAL, *adj.* 'S an leth stigh, fìor, meadhonail, inntinneil.
INTERNALLY, *adv.* See Internal.
INTERNECINE, *adj.* Co-mharbhtach, co-sgriosail, comhillteach.
INTERNECION, *s.* Co-mharbhadh, comh-sgrios, comhilleadh.
INTERNUNCIO, *s.* Eadar-theachdair, eadar-ruith-fhear.
INTERPEL, *v. a.* Cuir stad air, eadar-labhair.
INTERPELLATION, *s.* 1. An interruption: stad-chur, grabadh. 2. an earnest address, intercession: gairm laghail, iarrtas, eadar-ghuidhe.
INTERPOINT, *v. a.* Eadar-phongaich.
INTERPOLATE, *v. a.* Spàrr an àite nach buin do, eadar-sgrìobh.
INTERPOLATION, *s.* Eadar-sgrìobhadh, eadar-sparradh.
INTERPOLATOR, *s.* Eadar-sparradair, fear-breugnachaidh le mi-sgrìobhadh.
INTERPOSAL, *s.* Eadraiginn, teachd 's an rathad, eadar-theachd.
INTERPOSE, *v. a.* et *n.* 1. Place between: eadarchuir, eadar-shuidhich. 2. thrust in as an obstruction, or inconvenience: cuir grabadh air, eadarghrab, amail. 3. offer as a succour or relief: tairg cuideachadh, tairg saorsa. 4. mediate, act between two parties: dean eagraiginn, dean eadarmheadhon, dean réite.
INTERPOSER, *s.* Fear-eadraiginn, eadar-mheadhonair.
INTERPOSITION, *s.* 1. Intervenient agency: meadhonaireachd, eadraiginn. 2. mediation, agency between two parties: eadraiginn. 3. state of being placed between two: eadar-chur, eadar-shuidheachadh, eadar-chàireadh. 4. any thing interposed: cnap-starraidh, bacadh, amladh.
INTERPOSURE, *s.* Eadar-chur, eadar-shuidheachadh.
INTERPRET, *v. a.* 1. Explain, expound: mìnich, soilleirich. 2. translate: eadar-theangaich.
INTERPRETABLE, *adj.* So-mhìneachaidh, so-shoilleireachaidh.
INTERPRETATION, *s.* Mìneachadh, soilleireachadh, eadar-theangachadh, brìgh, seadh.
INTERPRETATIVE, *adj.* Mìneachail, mìnichte, soilleirichte.
INTERPRETATIVELY, *adv.* See Interpretative.
INTERPRETER, *s.* 1. An explainer, expositor, expounder: fear-mìneachaidh. 2. a translator: eadar-theangair.
INTERPUNCTION, *s.* Eadar-phongachadh.
INTERREGNUM, *s.* Eadar-riaghladh.
INTERREIGN, *s.* Eadar-riaghladh.
INTERRER, *s.* Fear-adhlacaidh, fear-tòrraidh.
INTERROGATE, *v. a.* et *n.* Ceasnaich, rannsuich, fidrich, cuir ceistean ri.
INTERROGATION, *s.* 1. Act of questioning: ceasnachadh, rannsuchadh, fidreachadh, cur cheistean. 2. a question put, an inquiry: ceist, faighneachd. 3. a note marking a question: comharra-ceiste, mar so, ?
INTERROGATIVE, *adj.* Faighneachdach, ceisteach, ceasnachail.
INTERROGATIVE, *s.* Ceist, ceist-fhocal.
INTERROGATIVELY, *adv.* See Interrogative.
INTERROGATOR, *s.* Fear-ceasnachaidh, fear-rannsachaidh, fear-cuir cheistean.
INTERROGATORY, *s.* Ceist, ceasnachadh, faighneachd.
INTERROGATORY, *adj.* Ceisteach, ceasnachail, faighneachdach.
INTERRUPT, *v. a.* 1. Hinder the process of any thing: cuir stad air, bac, grab. 2. hinder one from proceeding: stad, bac, cuir bacadh air. 3. divide, separate: bris, dealaich, roinn as a chéile.
INTERRUPTED, *adj.* Bristeach, briste, neo-chunbhallach.
INTERRUPTEDLY, *adv.* See Interrupted.
INTERRUPTER, *s.* Fear-amalaidh, fear-stad-chur.
INTERRUPTION, *s.* 1. Interposition, breach of continuity: stad, briseadh, briseadh a steach, stadchur. 2. intervention, interposition: eadar-chur, eadar-theachd, grabadh, bacadh. 3. hinderance, stop, let, obstruction: amaladh, cnap-starraidh, bacadh. 4. intermission: stad, clos.
INTERSCAPULAR, *adj.* Eadar dhà shlinnean.
INTERSCRIBE, *v. a.* Eadar-sgrìobh.
INTERSECANT, *adj.* Eadar-sgarach, eadar-ghearrtach.
INTERSECT, *v. a.* Eadar-ghearr, co-ghearr, gearr tarsuing.
INTERSECTION, *s.* Eadar-ghearradh, co-ghearradh.
INTERSECT, *v. a.* Eadar-chuir, eadar-shuidhich.
INTERSECTION, *s.* Eadar-chur, eadar-shuidheachadh.
INTERSPERSE, *v. a.* Eadar-sgap, eadar-sgaoil, eadarmheasgaich.
INTERSPERSION, *s.* Eadar-sgapadh, eadar-sgaoileadh, eadar-mheasgachadh.
INTERSTELLAR, *adj.* Eadar-reulach.
INTERSTICE, *s.* Eadar-fhosgladh, fosgladh, eadarchridhe, eadar-ùine.

INTERSTITIAL, *adj.* Eadar-fhosgladh, eadar-uidheach, eadar-ùineach.
INTERTALK, *v. n.* Eadar-labhair, dean comhluadar.
INTERTANGLE, *v. a.* Eadar-rib, co-aimhreitich.
INTERTEXTURE, *s.* Eadar-fhigheadh, eadar-fhilleadh.
INTERTWINE, INTERTWIST, *v. a.* Eadar-thoinn, eadar-fhigh.
INTERVAL, *s.* 1. Space between places: eadar-uidhe, eadar-astar, eadar-ionad. 2. time passing between two assignable points: eadar-ùine, eadar-àm. 3. remission of a delirium, or a distemper: faothachadh, lasachadh.
INTERVENE, *v. n.* Eadar-thig, thig eadar.
INTERVENIENT, *adj.* A thig eadar, eadar-theachdail.
INTERVENTION, *s.* Eadar-theachd, eadar-thighinn, eadar-mheadhonachd.
INTERVENT, *v. a.* 1. Turn to another course: eadar-phill, ath-phill. 2. turn to another use: cuir gu buil eile.
INTERVIEW, *s.* Còmhdhail, coinneamh.
INTERVOLVE, *v. a.* Eadar-fhill, co-fhill, fill 's a chéile.
INTERWEAVE, *v. a.* Eadar-fhigh, eadar-thoinn, eadar-sgap.
INTERWEAVING, *s.* Eadar-fhigheadh, eadar-thoinneamh.
INTESTABLE, *adj.* Do-thiomnaidheach.
INTESTACY, *s.* Easbhuidh-tiomnaidh.
INTESTATE, *adj.* Gun tiomnadh.
INTESTINAL, *adj.* Caolanach, mionachail.
INTESTINE, *adj.* 1. Internal, inward: 's an leth stigh. 2. contained in the body: cairbheach, corporra. 3. domestic, not foreign: dùchasach.
INTESTINE, *s.* Caolan, *pl.* mionach, greallach.
INTHIRST, *v. a.* Dean ìotmhor.
INTHRAL, *v. a.* Ceannsaich, cìosnaich, cuir fuidh dhaorsa.
INTHRALMENT, *s.* Daorsa, bruid, braighdeanas.
INTHRONE, *v. a.* Cuir air righ-chaithir.
INTIMACY, *s.* Comunn, co-chomunn, dlùth-eòlas, caidreamh, companas, dlùth-chàirdeas.
INTIMATE, *adj.* 1. See Intestine, 1. 2. near, not kept at a distance: dlùth, fagus, faisg, teann air. 3. familiar, closely acquainted: dlùth-chaidreach, mion-eòlach, caidreach.
INTIMATE, *s.* Caraid, companach, dlùth-charaid, fear-cridhe, fear-rùin, companach-cléibhe.
INTIMATE, *v. a.* Thoir fios do, thoir rabhadh do, innis, thoir sanas.
INTIMATELY, *adv.* See Intimate, *adj.*
INTIMATION, *s.* Fios, rabhadh, sanas, sgeul, naidheachd.
INTIMIDATE, *v. a.* Eaglaich, gealtaich, mi-mhisnich, cuir geilt air.
INTIMIDATION, *s.* Eaglachadh, geilt, mi-mhisneach, fiamh.
INTIRE, *adj.* See Entire.
INTITLE, *v. a.* Ainmich, thoir ainm do, gairm.
INTO, *prep.* 1. Noting entrance with regard to place: a stigh, a steach, gu. 2. noting entrance of one thing into another: a stigh, ann. 3. noting inclusion: ann. 4. noting a new state to which any thing is brought by the agency of a cause: gu, a dh'ionnsuidh.
INTOLERABLE, *adj.* Do-ghiùlain, do-iomchair, do-fhulang, ro-olc.
INTOLERABLENESS, *s.* Do-iomcharachd, do-fhulangachd, ro-olcas.
INTOLERABLY, *adv.* See Intolerable.
INTOLERANCE, *s.* Mi-sheirc, neo-sheirc, buirbe.
INTOLERANT, *adj.* 1. Not enduring, not able to endure: neo-chruadalach, neo-fhulangach. 2. not favourable to toleration: mi-sheirceil, neo-sheirceil.
INTOLERATED, *adj.* Neo-fhulaingte, neo-cheadaichte.
INTOLERATION, *s.* Mi-sheircealachd, neo-sheircealachd.
INTOMB, *v. a.* Adhlaic, tiodhlaic, tòrr.
INTONATE, *v. a.* 1. Thunder: dean torrunn. 2. sing together, sing loudly: co-sheinn, àrd-sheinn.
INTONATION, *s.* 1. Act of thundering: torrunn. 2. act of singing together: co-sheinn, co-sheirm.
INTONE, *v. a.* Fuaimnich, dean toirm, dean borbhanaich.
INTORT, *v. a.* Toinn, figh, snìomh, dualaich.
INTOXICATE, *v. a.* Misgich, cuir air mhisg, cuir air an daorach.
INTOXICATED, *adj.* Air mhisg, air an daorach.
INTOXICATION, *s.* Misgeachadh, misg, daorach, buaireas-cinn.
INTRACTABILITY, *s.* Do-cheannsachd, féin-thoil dùire.
INTRACTABLE, *adj.* Do-cheannsachaidh, féin-thoileach, dùr, rag, ceann-laidir, do-mhunaidh.
INTRACTABLENESS, *s.* See Intractability.
INTRACTABLY, *adv.* See Intractable.
INTRANQUILLITY, *s.* Neo-fhoistneachd, mi-shuaimhneas, neo-shìthealachd, don-fhois.
INTRANSIENT, *adj.* Seasmhach, maireannach, buan.
INTRANSMUTABLE, *adj.* Do-mhùthaidh, do-atharrachaidh.
INTRAP, *v. a.* Cuir an sàs, glac, rib.
INTREASURE, *v. a.* Taisg, cuir an tasgaidh.
INTREAT, *v. a.* See Entreat.
INTRENCH, *v. a.* et *n.* 1. Break with hollows: treachail, cladhaich, tochail. 2. fortify with a trench: dìon le clais. 3. invade, encroach on: thoir ionnsuidh, bris a stigh air.
INTRENCHMENT, *s.* Clais-dhaingneachd, dìdean threachailte.
INTREPID, *adj.* Gaisgeil, gaisgeanta, curanta, calma, laochmhor.
INTREPIDITY, *s.* Gaisgealachd, gaisgeantachd, curantachd, calmachd, laochmhorachd.
INTREPIDLY, *adv.* See Intrepid.
INTRICACY, *s.* Aimhreit, deacaireachd, duirche, iomcheist.
INTRICATE, *adj.* Aimhreidh, deacair, dorcha, iomcheisteach, doilleir, fillteach, ioma-lùbach, do-réiteachaidh.
INTRICATELY, *adv.* See Intricate,
INTRICATENESS, *s.* See Intricacy.
INTRIGUE, *s.* Rùn-aimhleis, comhairle dhìomhair,

innleachd meallaidh, feall, ceilg, cuilbheart, cùis-leannanachd.
INTRIGUE, *v. n.* Meall, cleasaich, dean gnìomh mi-laghail.
INTRIGUER, *s.* Fear-cuilbheirt, mealltair bhan.
INTRINSICAL, *adj.* 'S an leth stigh, nàdurra, gnèitheil.
INTRINSICALLY, *adv.* See Intrinsical.
INTRINSIC, *adj.* Nàdurra, gnèitheil, firinneach, fìor, ann féin.
INTRODUCE, *v. a.* 1. Conduct or usher into a place, or to a person: thoir a steach, thoir 's an làthair, thoir am fianuis. 2. bring something into notice, or practice: thoir am follus, thoir a stigh. 3. produce, give occasion to: thoir air aghairt, aobharaich, tàrmaich.
INTRODUCER, *s.* Fear-treòrachaidh, fear-toirt a steach, fear-toirt air aghairt.
INTRODUCTION, *s.* 1. Act of conducting, or ushering to any place, or person: toirt a stigh, treòrachadh, toirt an làthair, toirt an fianuis. 2. act of bringing any new thing into notice: toirt a steach. 3. of a book: roimh-ràdh.
INTRODUCTIVE, *adj.* Treòrachail.
INTRODUCTOR, *s.* See Introducer.
INTRODUCTORY, *adj.* Tòiseachail, roimh-radhach.
INTROGRESSION, *s.* See Entrance.
INTROMISSION, *s.* 1. Act of sending in: cur a steach. 2. admission: leigeadh stigh. 3. (in Scottish law): meachranachd, buintinn ri cuid neach eile.
INTROMIT, *v. a.* et *n.* 1. Send in: cuir a stigh. 2. let in, admit: leig a stigh. 3. intermeddle with the effects of another: buin ri cuid neach eile.
INTROSPECT, *v. a.* Seall a steach, seall a stigh.
INTROSPECTION, *s.* Sealltuinn a stigh, stigh-sheall-adh.
INTROSUME, *v. a.* Sùgh a stigh.
INTROVENIENT, *adj.* Teachd a steach, a thig a steach.
INTRUDE, *v. a.* et *n.* 1. Force without right or welcome: fòirn. 2. force in, cast in: spàrr, spàrr a stigh. 3. come in unwelcome: thig gun chuireadh, bleidich. 4. encroach: bris a steach.
INTRUDER, *s.* Sgimilear, fear-fòirnidh, bleidear.
INTRUSION, *s.* 1. Act of thrusting or forcing in: sparradh a stigh. 2. encroachment upon any person or place: fòirneadh. 3. voluntary and uncalled undertaking of any thing: féin-ghabhaltas.
INTRUSIVE, *adj.* Leamh, beag-nàireach, ladarna.
INTRUST, *v. a.* Earb, earb ri, cuir earbsa ann.
INTUITION, *s.* Eòlas-seallaidh, beachd-eòlas, grad-eòlas, eòlas-nàdurra.
INTUITIVE, *adj.* 1. Seen by the mind immediately without intervention of argument or testimony: so-léirsinn, so-thuigsinn, féin-shoilleir. 2. seeing, not barely believing: faicsinneach, léirsinneach. 3. having the power of discovering truth immediately without ratiocination: geur-thùrail, geur-thuigseach, grad-thuigseach.
INTUITIVELY, *adv.* See Intuitive.
INTUMESCENCE, } INTUMESCENCY, } *s.* At, atadh, iongrachadh.
INTUMULATED, *adj.* Neo-adhlaicte, neo-thòrrta.
INTURGESCENCE, *s.* Atadh, atmhorachd.
INTWINE, *v. a.* Toinn, fill, figh, snìomh.
INVADE, *v. a.* 1. Attack a country, make a hostile entrance: bris a stigh, thoir ionnsuidh air. 2. attack, assail, assault: leum air, thoir ionnsuidh air, cas ri, buail, buail air.
INVADER, *s.* Nàmhaid, fear-ionnsuidh, fear-brisidh a stigh, fear-bualaidh, fear-fòirnidh.
INVALESCENCE, *s.* Slàinte, fallaineachd, neart.
INVALETUDINARY, *adj.* Euslan, euslainteach, tinn, breòite.
INVALID, *adj.* Lag, anfhann, neo-threòrach, fann, bochd, faoin.
INVALID, *s.* Fear tinn, fear leònta, fear euslainteach.
INVALIDATE, *v. a.* Lagaich, dìobhailich, anfhannaich.
INVALIDATION, *s.* Lagachadh, dìobhalachadh, anfhannachadh.
INVALIDITY, *s.* Laigse, anfhannachd.
INVALUABLE, *adj,* Ro-òirdheirc, os ceann luach, mòr-luachmhor.
INVALUABLY, *adv.* See Invaluable.
INVARIABLE, *adj.* Neo-chaochlaideach, maireannach, neo-gluasadach, gnàthach, seasmhach.
INVARIABLENESS, *s.* Neo-chaochlaideachd, maireannachd, neo-ghluasadachd, gnàthachas, seasmhachd.
INVARIABLY, *adv.* See Invariable.
INVARIED, *adj.* Neo-atharraichte, neo-mhùthta.
INVASION, *s.* Briseadh a stigh, ionnsuidh nàimhdeil, teachd a stigh.
INVASIVE, *adj.* Ainneartach, ionnsuidh-thabhartach.
INVECTION, *s.* Beum, beumadh, beumnachd.
INVECTIVE, *s.* Achmasan, geur-achmhasan, cronachadh, beum.
INVECTIVE, *adj.* Beumnach, achmhasanach, aoireil.
INVECTIVELY, *adv.* See Invective.
INVEIGH, *v. a.* Càin, coirich, cronaich, faigh cron do.
INVEIGHER, *s.* Fear-càinidh, fear-cronachaidh, fear-coireachaidh.
INVEIGLE, *v. a.* Meall, thoir a thaobh, mi-chomhairlich, claon, rib.
INVEIGLEMENT, *s.* Mealladh, toirt a thaobh, claonadh.
INVEIGLER, *s.* Mealltair, fear-claonaidh, fear-mi-chomhairle.
INVEILED, *adj.* Còmhdaichte, sgàil-chòmhdaichte.
INVENT, *v. a.* 1. Discover, find out, excogitate: faigh a mach, tionnsgail, dealbh, faigh innleachd air. 2. forge, fabricate: suidhich as-innleachd, fealltaich. 3. feign, make by the imagination: gabh ort.
INVENTER, *s.* Fear-dealbh, fear-innleachd, dealbhadair.
INVENTIBLE, *adj.* So-dhealbhaidh, so-fhaighinn a mach.
INVENTION, *s.* Innleachd, ùr-innleachd, dealbhadh, ùr-ghleus.
INVENTIVE, *adj.* Innleachdach, ealanta, tùrail, tionnsgalach.
INVENTOR, *s.* See Inventer.
INVENTORY, *s.* Maoin-chlàr, maoin-chunntas.

Inventory, *v. a.* Cuir air chunntas, dean maoin-chlar.
Inventress, *s.* Ban-dhealbhadair, bean innleachdach.
Inverse, *adj.* Mùth-ionadach, atharraichte, tarsuinn, air chaochladh dòigh.
Inversion, *s.* Rian-atharrachadh, co-mhùthadh, eadar-mhùthadh.
Invert, *v. a.* Cuir bun os ceann, tur-atharraich.
Invest, *v. a.* 1. Dress, clothe, array: éid, sgeadaich, còmhdaich. 2. place in the possession of a rank or office: cuir an seilbh, cuir an dreuchd, thoir a dhreuchd do. 3. adorn, grace: àilnich, rìomhaich, breaghaich. 4. confer, give: tìodhlaic, builich air. 5. enclose, surround: cuairtich, iom-dhruid, séisd. 6. put on: cuir umad.
Investient, *adj.* Còmhdachail, sgeadachail.
Investigable, *adj.* So-rannsachaidh, so-sgrùdaidh, so-fhiosrachaidh.
Investigate, *v. a.* Rannsuich, sgrùd, lorg a mach, fiosraich.
Investigation, *s.* Rannsachadh, sgrùdadh, lorgachadh, fiosrachadh.
Investigator, *s.* Fear-rannsachaidh, fear-sgrùdaidh, fear-fiosrachaidh.
Investiture, *s.* 1. Right of giving possession to any manor, office, or benefice: còir-sheilbhe. 2. act of giving possession: seilbh-thabhairt.
Investive, *adj.* Cuairteachail, iom-dhruideach.
Investment, *s.* Éideadh, earradh, deis, aodach, culaidh, trusgan.
Inveteracy, *s.* 1. Long cantinuance of any thing bad, obstinacy confirmed by time: buantas-uilc, dannarachd, diorasachd. 2. long continuance of a disease: mairseannachd, buantas.
Inveterate, *adj.* I. Old, long established: sean, buan. 2. obstinate by long continuance: rag, danarra, diorasach, dùr, dian, suidhichte, cruadhaichte.
Inveterate, *v. a.* Suidhich, buanaich, mair, cruadhaich.
Inveterateness, *s.* See Inveteracy.
Inveteration, *s.* Buanachadh, cruadhachadh.
Invidious, *adj.* 1. Envious, malignant: farmadach, mì-runach, gamhlasach, nàimhdeil. 2. likely to incur or bring hatred: fuathmhor, fuath-thogalach.
Invidiously, *adv.* See Invidious.
Invidiousness, *s.* Fuath-thogalachd.
Invigilancy, *s.* Neo-aire, neo-fhaicill, neo-chaithriseachd.
Invigorate, *v. a.* Neartaich, beothaich, lùthaich, brosnuich.
Invigoration, *s.* Neartachadh, beothachadh, lùthachadh, brosnuchadh.
Invincibility, *s.* Do-cheannsachd, cruadalachd, foghainteachd.
Invincible, *adj.* Do-cheannsachaidh, do-chìosachaidh, do-chlaoidh.
Invincibleness, *s.* See Invincibility.
Invincibly, *adv.* See Invincible.
Inviolability, *s.* Do-bhrisidheachd, seuntachd, do-thruaillidheachd.
Inviolable, *adj.* 1. Not to be profaned: do-thruaillidh, do-bhrisidh. 2. not to be injured: do-chiùrraidh, do-ghortachaidh. 3. not to be broken: do-bhrisidh.
Inviolableness, *s.* See Inviolability.
Inviolably, *adv.* See Inviolable.
Inviolate, **Inviolated**, *adj.* Neo-bhriste, neo-thruaillte, neo-chiùrrta.
Invious, *adj.* Neo-choiseachaidh, do-imeachd.
Inviscate, *v. a.* Aolaich, glaodhaich, cuir an làthaich.
Inviscerate, *v. a.* Gin, àraich, tog.
Invisibility, *s.* Do-fhaicsinneachd, do-léirsinneachd.
Invisible, *adj.* Do-leirsinneach, do-fhaicsinneach.
Invisibly, *adv.* See Invisible.
Invitation, *s.* Cuireadh, gairm, iarruidh.
Invitatory, *adj.* A bheir cuireadh, gairmeach, iarraidheach.
Invite, *v. a.* et *n.* 1. Bid, ask to any place: iarr, gairm, thoir, cuireadh do. 2. allure, persuade, induce: tàlaidh, meall.
Invitement, *s.* See Invitation.
Inviter, *s.* Fear-cuiridh, fear-siridh, fear-gairme.
Inviting, *s.* See Invitation.
Invitingly, *adv.* Gu tàlaidheach, gu mealltach.
Inumbrate, *v. a.* Sgàil, cuir sgàil air.
Inunction, *s.* Ungadh, ol-ungadh.
Inundant, *adj.* Tuilteach, atmhor.
Inundate, *v. a.* Bàth, còmhdaich le uisge, dòirt a stigh air.
Inundation, *s.* Bàthadh, còmhdachadh le h-uisge, dòrtadh stigh air.
Invocate, *v. a.* Guidh air, gairm air, athchuingich ri.
Invocation, *s.* Ùrnuigh, guidheadh ri, gairm air, athchuinge ri.
Invoice, *s.* Maoin-chlàr, clàr-cunntais bathair.
Involve, *v. a.* 1. Inwrap, cover any thing circumfluent: cuairtich, iadh mu. 2. imply, comprise: fill, seadhaich. 3. entwist, join: co-fhill, co-thoinn, co-aonaich. 4. take in, catch, conjoin: thoir a steach, co-aonaich, co-cheangail. 5. entangle: rib. 6. complicate, make intricate: cuir troimh chéile, aimhreitich. 7. blend, mingle together confusedly: co-mheasgaich, cuir an ceann a chéile.
Involuntarily, *adv.* A dh' aindeon. See Involuntary.
Involuntariness, *s.* Aindeonachd, neo-dheònachas.
Involuntary, *adj.* 1. Not having the power of choice: neo-dheònach. 2. not chosen, not done willingly: aindeonach, neo-thoileach.
Involution, *s.* 1. Act of involving or inwrapping: filleadh, co-fhilleadh, cuairteachadh. 2. the state of being entangled, complication: aimhreiteachd, feamnadh. 3. that which is wrapped round any thing: cochull, rùsg, cuairt-chòmhdach.
Inurbanity, *s.* Neo-fhosgarrachd, neo-shuairceas, neo-mhodhalachd.
Inure, *v. a.* Cleachd ri, cuir an cleachdamh, dean thu féin ri.
Inurement, *s.* Cleachdamh, gnàthachadh.
Inurn, *v. a.* Adhlaic, tìodhlaic, tòrr.

Inusitation, *s.* Neo-chleachdamh.
Inustion, *s.* Losgadh, lasadh.
Inutile, *adj.* Neo-fhemail, neo-tharbhach, suarach, leibideach.
Inutility, *s.* Neo-fheum, neo-bhrigh, neo-fheumalachd, mi-stà.
Inutterable, *adj.* Do-labhairt, do-labhraidh, do-aithris, do-innsidh.
Invulnerable, *adj.* Do-leònaidh, do-lotaidh, do-chiùrraidh.
Invulnerableness, *s.* Do-leòntachd, do-lotaidheachd, do-chiùrraidheachd.
Inwall, *v. a.* Druid le balla.
Inward, **Inwards**, *adv.* 1. Towards the internal parts, within: a stigh, a steach. 2. into the mind or thoughts: 's an inntinn, do 'n inntinn.
Inward, *adj.* 1. Internal, placed not on the outside: a stigh, 's an leth stigh. 2. deeply thinking, reflecting: beachd-smuainteachail, ion-mheadhonach. 3. intimate, domestic, familiar: mion-còlach, dàimheil.
Inward, **Inwards**, *s.* An taobh stigh, mionach, innidh, greallach.
Inwardly, *adv.* See Inward, *adj.*
Inwardness, *s.* Mion-còlas, dàimh.
Inweave, *v. a.* Figh 's a chéile, co-fhigh, co-fhill.
Inwheel, *v. a.* Cuairtich, iom-chuairtich.
Inwrap, *v. a.* 1. Cover by involution, involve: fill, iom-fhill, cuairtich, iom-chòmhdaich. 2. perplex, puzzle with difficulty or obscurity: dorchaich, doilleirich.
Inwreathe, *v. a.* Stìom-chuairtich, coronaich.
Inwrought, *adj.* Grinnichte, grinn-oibrichte.
Job, *s.* 1. Petty work, a piece of chance-work: gnothuch, car-oibre, car. 2. a low, mean, lucrative, busy affair: saobh-ghnothuch, saobh-char, obair shuarach. 3. a sudden stab with a sharp instrument: sàthadh, putadh.
Job, *v. a.* et *n.* 1. Strike suddenly with a sharp instrument: sàth, goin. 2. drive in a sharp instrument: sàth. 3. buy and sell: reic is ceannaich.
Jobber, *s.* 1. One who buys and sells stock in the public funds: fear-reicidh is ceannaich airgid. 2. one who engages in a low lucrative affair: fear-saobh-ghnothuch. 3. one who does chance work: fear mion-ghnothuch.
Jobbernowl, *s.* Bumailear, blaghastair.
Jockey, *s.* 1. A fellow that rides horses in the race: gille-marcachd. 2. a man that deals in horses: fear reic each. 3. a cheat, a trickish fellow: mealltair, slaightear, fear carach.
Jockey, *v. a.* Thoir an car á, meall.
Jocose, *adj.* Abhcaideach, beadarrach, mear, cleasanta, macnusach, aighearrach, mireagach.
Jocosely, *adv.* See Jocose.
Jocoseness, **Jocosity**, *s.* Abhcaideachd, beadarrachd, cleasantachd, macnusachd, aighearrachd, mireagachd, sùgradh, mire.
Jocular, *s.* Sùgach, mireagach, beadarrach, ceòlmhor.
Jocularity, *s.* Sùgachas. mireagachd, beadarrachd, ceòlmhorachd.
Jocularly, *adv.* See Jocular.
Joculator, *s.* Fear sùgach, fear-beadraidh, cleasniche.
Joculatory, *adj.* Abhcaideach, sùgach.
Jocund, *adj.* Mear, aighearrach, aoidheil, cridheil, meanmnach.
Jocundity, *s.* Aighearrachd, cridhealas, meanmnachd.
Jocundly, *adv.* See Jocund.
Jog, *v. a.* et *n.* 1. Push, shake by a sudden impulse: put, pùc, purr, crath. 2. move with small shocks, like those of a slow trot: dean bogadaich, thoir tuinnseadh, crath-ghluais. 3. travel idly and heavily: mall-cheumnaich, mall-imich.
Jog, *s.* 1. A push, a slight shake: putadh, purradh. 2. a hint given by a push: putadh. 3. a rub, a small stop: suathadh, stad-chur.
Jogger, *s.* Slaodair, leisgean.
Jogging, *s.* Bogadh, bogadaich, tuinnseadh.
Joggle, *v. n.* Crath, bog, dean bogadaich.
Join, *v. a.* et *n.* 1. Add one to another in contiguity: ceangail, dlùthaich, aon. 2. couple, combine: caignich, cuir r' a chéile. 3. unite in league or marriage: snaidhm r' a chéile, cuir an dàimh, aon, co-aonaich. 4. dash together, collide: buail, co-bhuail. They joined battle: bhuail iad cath. 5. associate: co-aonaich, co-dhlùthaich. 6. unite in one act: co-aonaich. 7. to unite in concord: ceangail, co-cheangail. 8. grow to, adhere, be contiguous: bi dlùth do, fàs ri, be teann air. 9. close, clash; buail, co-bhuail. 10. unite with in marriage, or in any other league: dean cleamhnas ri, rach an co-bhoinn le.
Joiner, *s.* Saor.
Joinery, *s.* Saorsainneachd.
Joining, *s.* Dlùthadh, ceangal, ceangaltas, aonadh.
Joint, *s.* 1. Articulation of limbs: alt. 2. hinges, juncture admitting motion of the parts: lùdan, lùdnan. 3. in joinery: altadh, alpadh. 4. a knot or commissure in a plant: alt, meallan. 5. one of the limbs of an animal cut up by the butcher. ceathramh, spolta. 6. out of joint, lacerated: as an alt, sgachta. 7. out of joint, confused: air aimhreidh.
Joint, *adj* 1. Shared among many: coitchionn. 2. united in the same possession: co, comh, co-shealbhach. 3. a joint-heir: comh-oighre. 4. combined, acting together in consort: co-oibreachail, comh-phàirteach.
Joint, *v. a.* 1. Form in articulations: altaich. 2. form many parts into one: aonaich, cuir r' a chéile. 3. divide a joint: sgoil, geàrr 'n a altaibh.
Jointed, *adj.* Altach, lùdnanach.
Jointly, *adv.* Cuideachd, còmhluath, le chéile, maraon.
Jointress, *s.* Bean-cho-arba.
Jointstool, *s.* Stòl, stòl-lùthaidh.
Jointure, *s.* Dubharaidh, co-arba.
Joist, *s.* Sail, spàrr.
Joist, *v. a.* Leag sailean, leag sparran.
Joke, *s.* Abhcaid, eala-dhàth, feal-dhà, sùgradh, cridhealas, spòrs, beadradh.

Joke, *v. n.* Dean feal-dhà, dean spòrs, magadh, no, abhcaid.
Joker, *s.* Fear-spòrsa, fear-abhcaid, fear-sùgraidh.
Joking, *s.* Sùgradh, feal-dhà, abhcaid.
Jole, *s.* 1. The face or cheek : gruaidh, leac, ceann-aghaidh. 2. cheek by jole : pluic ri pluic. 3. the head of a fish : ceann-eisg.
Joll, *v. a.* Purr, put.
Jollily, *adv.* See Jolly.
Jolliness, Jollity, } *s.* 1. Gaiety, elevation of spirit : subhachas, cridhealas, aighear. 2. merriment, festivity : sùgradh, fleadhachas. 3. handsomeness, beauty : maise, bòidhche, àilneachd.
Jolly, *adj.* 1. Gay, merry, airy, cheerful : eutrom, aigeannach, cridheil, subhach, aoibhneach. 2. lively : beothail. 3. jovial : mear, fleadhach, ait. 4. plump, like one in high health : reamhar, sultmhor, fallain. 5. handsome, well-favoured : maiseach, dreachmhor, bòidheach, grinn.
Jolly-boat, *s.* Geòla, geòla bheag.
Jolt, *v. a.* et *n.* 1. Shake one as a carriage does : crath, thoir crith air. 2. shake as a carriage on rough ground : crath, crith, luaisg.
Jolt, *s.* Crathadh, crith, luasgadh.
Jolthead, *s.* Ceann-trom, ùmaidh, tamhasg.
Jonquille, *s.* Lus-a-chrom-chinn.
Jorden, *s.* Poit-fhuail, poit-leapach.
Jostle, *v. a.* Put, pùc, utagaich, tulg.
Jot, *s.* Ponc, dad, dadum, tiodal.
Jot, *v. a.* Sgrìobh sios, frith-sgrìobh.
Jolting, *s.* Frith-sgrìobhadh, frith-chunntas.
Jovial, *adj.* Fonnmhor, eutrom, aighearach, ait, suilbhir.
Jovially, *adv.* See Jovial.
Jovialness, Jovialty, } *s.* Fonnmhorachd, eutromachd, aighcarrachd, aiteas, suilbhireachd.
Journal, *s.* Cunntas làthail, paipear-naidheachd.
Journalist, *s.* Fear-cunntais làthail, fear-naidheachd, fear-sgeòil.
Journalize, *v. a.* Sgrìobh cunntas lathail.
Journey, *s.* 1. The travel of a day : astar-latha, uidhe-latha. 2. travel by land : astar, uidhe, turas, cuairt, imeachd.
Journey, *v. n.* Rach air astar, rach air thurus, bi air thurus.
Journeyman, *s.* Fear-céirde air thuarasdal, fear-oibre-latha.
Journeywork, *s.* Obair-latha.
Joust, *s.* Cluich arm, còmhrag.
Joust, *v. n.* Rach an còmhrag.
Jowl, *s.* See Jole.
Jowler, *s.* Iasgair, fear-iomairt éisg.
Joy, *s.* 1. Gladness, exultation, delight : aoibhneas, gàirdeachas, aiteas, aighear. 2. gaiety, merriment, festivity : aiteas, sùgradh, aighear. 3. happiness, felicity : sonas, subhachas, toil-inntinn. 4. a term of fondness : cion, sòlas.
Joy, *v. a.* et *n.* 1. Congratulate, entertain kindly : gàirdich, dean ait, guidh maith le, co-aoibhnich. 2. gladden, exhilarate : dean aoibhneach, sòlasaich. 3. enjoy, have happy possession of : meal. 4. rejoice, be glad, exult : bi ait, dean gàirdeachas, bi aoibhneach.
Joyful, *adj.* Aoibhneach, ait, sona, subhach, suilbhir.
Joyfully, *adv.* See Joyful.
Joyfulness, *s.* Aoibhneas, sonas, subhachas, aiteas, suilbhireachd.
Joyless, *adj.* 1. Void of joy, feeling no pleasure : neo-aoibhneach, neo-shona, sòlasach. 2. giving no pleasure : neo-aoibhneach, neo-shòlasach, subhach, trom.
Joylessly, *adv.* See Joyless.
Joylessness, *s.* Neo-aoibhneas, neo-shonas, neo-shòlas, dubhachas, truime.
Joyous, *adj.* See Joyful.
Joyously, *adv.* See Joyful.
Joyousness, *s.* See Joyfulness.
Irascibility, Irascibleness, } *s.* Lasantachd, feargachd, crosdachd, diorasachd.
Irascible, *adj.* Lasanta, feargach, crosda, diorasach.
Ire, *s.* Fearg, corruich, fraoch, feirge, lasan, boile.
Ireful, *adj.* Feargach, lasanta, borb, fiadhaich, crosda.
Irefully, *adv.* See Ireful.
Iris, *s.* 1. The rainbow : bogha-frais, bogha-uisge, braon-bhogha. 2. the circle round the pupil of the eye : cearcull na sùla. 3. the flower-de-luce : seilistear.
Irish, *adj.* et *s.* Éireannach.
Irk, *v. a.* Sgìthich, sàruich, searbhaich, cuir miothlachd air.
Irksome, *adj.* Sgìtheil, buaireasach, neo-thaitneach, draghail.
Irksomely, *adv.* See Irksome.
Irksomeness, *s.* Sgìthealachd, buaireasachd, neo-thaitneas.
Iron, *s.* 1. The metal : iarunn. 2. an instrument or utensil made of iron : iarunn, inneal-iaruinn. 3. chain, shackle, manacle : slabhruidh, geamhal, cuibhreach.
Iron, *adj.* 1. Made of iron : iarruinn, iarnach. 2. resembling iron in colour : iarnaidh. 3. harsh, stern, severe, rigid : cruaidh, borb, teann, doirbh. 4. indissoluble, unbroken : do-bhrisidh, cruaidh, neo-bhriste.
Iron, *v. a.* 1. Smooth with an iron : iarrnaig, slìosair le iarunn. 2. shackle with irons : slabhraich, cuir an geimhlibh.
Iron-hearted, *adj.* Cruaidh-chridheach.
Ironical, *adj.* Magail, fanaideach, fochaideach, dà-sheadhach.
Ironically, *adv.* See Ironical.
Ironist, *s.* Fear-fochaid, fear-magaidh.
Ironmonger, *s.* Ceannaiche-iaruinn.
Ironmould, *s.* Sgùm iaruinn, ball-iaruinn.
Irony, *adj.* Iaruinn, iarnaidh.
Irony, *s.* Sgeigearachd, fochaid, cainnt-mhagaidh.
Irradiance, Irradiancy, } *s.* Dealradh, deàrsadh, soillse.
Irradiate, *v. a.* et *n.* 1. Adorn with light emitted upon it, brighten : dealraich, loinnrich. 2. enlighten intellectually, illumine : soillsich, soilleirich.

3. animate by heat or light: blàthaich, beothaich. 4. decorate with shining ornaments: sgiamhaich, riomhaich, àilnich. 5. shine upon: dealaich air.

IRRADIATION, *s.* 1. Act of emitting beams of light: deàrsadh, dealradh. 2. illumination, intellectual light: soilleireachadh, soillseachadh.

IRRATIONAL, *adj.* Eu-céillidh, mi-reusonta, mi-chiallach mi-thoinisgeach.

IRRATIONALITY, *s.* Eu-céillidheachd, mi-reusontachd, mi-chiallachd, eu-tuigse.

IRRATIONALLY, *adv.* See Irrational.

IRRECLAIMABLE, *adj.* Do-leasachaidh, do-iompachaidh, do-leighis.

IRRECLAIMABLY, *adv.* See Irreclaimable.

IRRECONCILABLE, *adj.* Do-réiteachaidh, do-réiteachail.

IRRECONCILABLENESS, *s.* Do-réiteachd, do-réiteachalachd.

IRRECONCILABLY, *adv.* See Irreconcilable.

IRRECONCILE, *v. a.* Cuir eadar, cuir a mach air.

IRRECONCILED, *adj.* Neo-réitichte.

IRRECONCILMENT, *s.* Do-réiteachas, neo-chòrdadh, eas-aont.

IRRECONCILIATION, *s.* Neo-réiteachas, neo-chòrdadh.

IRRECOVERABLE, *adj.* 1. Not to be regained, restored, or repaired: caillte, do-aisig, do-fhaotainn air ais. 2. not to be remedied: do-leasachaidh, do-leighis.

IRRECOVERABLENESS, *s.* Do-leasachadh, do-leighiseachd.

IRRECOVERABLY, *adv.* See Irrecoverable.

IRREDUCIBLE, *adj.* Do-aisig, do-bhrisidh.

IRREFRAGABLE, *adj.* Do-dhiùltaidh, do-àicheidh, do-fhreagairt.

IRREFRAGABLY, *adv.* See Irrefragable.

IRREFUTABLE, *adj.* Do-dhiùltaidh, do-fhreagairt.

IRREGULAR, *adj.* 1. Deviating from rule, custom, or nature: mi-riaghailteach, mi-ghnàthach. 2. immethodical: neo-dhòigheil, aimhreidh. 3. not being according to the laws of virtue: mi-mhodhail, ana-measarra, mi-rianail, mi-laghail.

IRREGULARITY, *s.* 1. Deviation from rule: mi-riaghailt, mi-ghnàth, eas-òrdugh. 2. neglect of method, or order: mi-dhòigh, mi-sheòltachd. 3. inordinate practice, vice: mi-bheus, ana-measarrachd, mi-laghalachd.

IRREGULARLY, *adv.* See Irregular.

IRREGULATE, *v. a.* Aimhreitich, mi-riaghailtich, cuir air aimhreidh.

IRRELATIVE, *adj.* Neo-dhàimheil, aonarach, leis féin.

IRRELATIVELY, *adv.* Leis féin.

IRRELEVANT, *adj.* Neo-fhreagarrach, mi-chubhaidh.

IRRELEVANTLY, *adv.* See Irrelevant.

IRRELIEVABLE, *adj.* Do-fhuasglaidh, do-lasachadh.

IRRELIGION, *s.* Mi-dhiadhachd, aindiadhachd, aingidheachd.

IRRELIGIOUS, *adj.* Mi-dhiadhaidh, aindiadhaidh.

IRRELIGIOUSLY, *adv.* See Irreligious.

IRREMEABLE, *adj.* Do-phillidh, do-thionndaidh.

IRREMEDIABLE, *adj.* Do-leighis, do-shlànuchaidh, do-leasachaidh.

IRREMEDIABLENESS, *s.* Do-leighiseachd, do-shlànachadh.

IRREMEDIABLY, *adv.* See Irremediable.

IRREMISSIBLE, *adj.* Do-loghaidh, do-mhaitheidh.

IRREMISSIBLENESS, *s.* Do-loghaidheachd.

IRREMISSIBLY, *adv.* See Irremissible.

IRREMOVEABLE, *adj.* Do-ghluasadach, do-atharrachaidh.

IRRENOWNED, *adj.* Neo-chliùiteach.

IRREPARABLE, *adj.* Do-leasachaidh, do-chàraidh.

IRREPARABLY, *adv.* See Irreparable.

IRREPENTANCE, *s.* Neo-aithreachas.

IRREPREHENSIBLE, *adj.* Do-choireachaidh, neo-choireach.

IRREPREHENSIBLY, *adv.* See Irreprehensible.

IRREPRESENTABLE, *adj.* Do-shamhlachaidh.

IRREPRESSIBLE, *adj.* Do-cheannsachaidh, do-riaghlaidh.

IRREPROACHABLE, *adj.* Do-choireachaidh, neo-choireach, neo-chiontach.

IRREPROACHABLY, *adv.* See Irreproachable.

IRREPROVABLE, *adj.* Do-chronachaidh, do-choireachaidh, neo-choireach.

IRREPROVABLY, *adv.* See Irreprovable.

IRRESISTIBLE, *adj.* Do-phillidh, do-chur 'n a aghaidh.

IRRESISTIBLY, *adv.* See Irresistible.

IRRESISTLESS, *adj.* See Irresistible.

IRRESOLUBLE, *adj.* Do-bhrisidh, do-fhuasglaidh.

IRRESOLUBLENESS, *s.* Do-bhrisidheachd, do-fhuasglaidheachd.

IRRESOLVEDLY, *adj.* Gu neo-chomhairleach, gu neo-sheasmhach.

IRRESOLUTE, *adj.* Neo-bhunailteach, neo-sheasmhach, neo-stéidhichte.

IRRESOLUTELY, *adv.* See Irresolute.

IRRESOLUTENESS, *s.* Neo-bhunailteachd, neo-sheasmhachd.

IRRESOLUTION, *s.* Neo-sheasmhachd, neo-chomhairle, neo-stéidhealachd.

IRRESPECTIVE, *adj.* Neo-aireach, neo-chùramach, neo-fhaicilleach.

IRRESPECTIVELY, *adv.* See Irrespective.

IRRESPONSIBILITY, *s.* Do-fhreagarrachd.

IRRESPONSIBLE, *adj.* Do-fhreagarrach.

IRRETENTIVE, *adj.* Neo-dhìonach, neo-chumaltach.

IRRETRIEVABLE, *adj.* Do-leasachaidh, do-fhaotainn air ais.

IRRETRIEVABLY, *adv.* See Irretrievable.

IRREVERENCE, *s.* Neo-urram, neo-spéis, dìmeas, neo-urramachd.

IRREVERENT, *adj.* Eas-urramach, dìmeasach, mi-mhodhail.

IRREVERENTLY, *adv.* See Irreverent.

IRREVERSIBLE, *adj.* Do-phillidh, do-atharrachaidh.

IRREVERSIBLY, *adv.* See Irreversible.

IRREVOCABLE, *adj.* Do-aisig, do-atharrachaidh, do-chaochlaidheach.

IRREVOCABLENESS, *s.* Do-aisigeachd, do-chaochlaidheachd.

IRREVOCABLY, *adv.* See Irrevocable.

IRRIGATE, *v. a.* Uisgich, fliuch, bogaich.

IRRIGATION, *s.* Uisgeachadh, fliuchadh, bogachadh.
IRRIGUOUS, *adj.* 1. Watery, watered: uisgeach, uisgichte. 2. dewy, moist: àitidh, fliuch.
IRRISION, *s.* Gàireachdaich, fochaid, gàire fanoideach.
IRRITABILITY, *s.* Feargachd, caise, crosdachd, dranndanachd.
IRRITABLE, *adj.* Feargach, so-fheargachaidh, cas, crosda, dranndanach, doirbh.
IRRITATE, *v. a.* Brosnaich, feargaich, féir, sàraich, sgìthich, buair.
IRRITATE, *v. a.* Cuir air chùl, bris, cuir as do.
IRRITATION, *s.* Brosnachadh, feargachadh, sàrachadh, buaireadh, frionas, colg.
IRRUPTION, *s.* Briseadh a steach, brùchdadh, ionnsuidh, ruathar.
IRRUPTIVE, *adj.* Brùchdach, ionnsuidheach, ruatharach.
IS, *v.* Is. It is: is e, no, tha e. Is mi, is tu, &c. no, Tha mi, tha thu, &c.
ISCHURY, *s.* Casg-uisge, stad-uisge, tinneas-fuail.
ISH, A termination added to an adjective: -ach, each, -eil, ail.
ISICLE, *s.* See Icicle.
ISLAND, *s.* Innis, eilean, inn.
ISLANDY, *adj.* Eileanach, innseach.
ISLE, *s.* See Island.
ISLEY, *s.* Eilean beag, innseag.
ISOLATED, *adj.* Air leth, leis féin, aonarach.
ISSUE, *s.* 1. Act of passing out: dol a mach, teachd a mach, ruith, dòrtadh, sruthadh. 2. event, consequence: buil, crìoch, toradh, buaidh. 3. termination, conclusion: crìoch, co-dhùnadh. 4. a vent made in a muscle, for the discharge of humours: silteach. 5. evacuation: dòrtadh, taomadh. 6. progeny, offspring: gineal, sliochd, clann, sìol, àl.
ISSUE, *v. a.* et *n.* 1. Come out, pass out of any place: thig a mach, bris a mach, ruith. 2. make an eruption, break out: thig a mach, bris a mach. 3. proceed, as an offspring: cinn, thig o. 4. be produced by any fund: thig o, sruth o. 5. send out, send forth: cuir a mach. 6. send out judicially: àithn.
ISSUELESS, *adj.* Aimrid, neo-thorach, seasg, gun sliochd.
ISSUING, *s.* Teachd a mach, tighinn a mach.
ISTMHUS, *s.* Dòirlinn, tairbeart.
IT, *pron.* E, esa, esan, i, ise.
ITALIAN, *adj.* et *s.* Eadailteach.
ITCH, *s.* 1. A cutaneous dissease: tachas, cloimh, sgrìobach. 2. sensation of uneasiness in the skin: tachas. 3. a constant teazing desire: dian-iarrtas, miann.
ITCH, *v. n.* 1. Feel uneasiness in the skin: bi tachasach, mothaich tachas. 2. long, have a continual desire: bi dian-thogarrach, bi 'n sìor dhéigh.
ITCHY, *adj.* 1. Infected with the itch: cloimheach, tachasach. 2. having a constant teazing desire: sìor-dhéigheil.
ITEM, *s.* 1. A new article: ni ùr. 2. a hint, an inuendo: leth-iomradh, leth-shanas.
ITEM, *v. a.* Gabh cunntas air, cuir sìos, sgrìobh sìos.
ITERABLE, *adj.* So-aithris.
ITERANT, *adj.* Aithriseach.
ITERATE, *v. a.* 1. Repeat, utter again: aithris, athaithris, ath-innis. 2. do over again: ath-dhean.
ITERATION, *s.* Aithris, ath-aithris, ath-dheanamh.
ITERATIVE, *adj.* Ath-aithriseach, ath-dhèanadach.
ITINERANT, *adj.* 1. Travelling: siùbhlach, turasach, falbhanach. 2. wandering, not settled: luaineach, mi-shuidhichte.
ITINERARY, *s.* Leabhar-siubhail, leabhar-turuis.
ITINERATE, *v. a.* Siubhail, dean turus, rach air thurus.
ITSELF, *pron.* E féin, i féin, esan féin, ise féin.
JUBILANT, *adj.* Luathghaireach, caithreamach.
JUBILATION, *s.* Luathghair, caithream, iolach aiteis.
JUBILEE, *s.* Gairdeachas, fleadhachas, àrd-fhéill. In scripture: bliadhna saorsaidh.
JUCUNDITY, *s.* Taitneachd, taitneas, tlachdmhorachd.
JUDAICAL, *adj.* Iùdhach.
JUDAISM, *s.* Creidimh nan Iùdhach.
JUDGE, *s.* Breitheamh, fear-breith, fear gu breith.
JUDGE, *v. a.* et *n.* 1. Pass sentence upon: thoir breth, thoir a mach binn. 2. pass severe censure: geur-achmhasanaich, geur-chronaich. 3. pass sentence: thoir breth. 4. form, or give an opinion: meas, measraich e, thoir barail air. 5. discern, distinguish, consider accurately: breithnich, feuch, rannsaich cùis.
JUDGMENT, *s.* 1. The power of discerning the relations between one term or proposition and another: tuigse, breithneachadh, breitheanas. 2. the right or power of passing judgment: ùghdarras, cumhachd-breithe. 3. the act of exercising judicature: breth. 4. determination, decision: breth, barail, breithneachadh. 5. the quality of distinguishing propriety and impropriety, criticism: breitheanas, tuigse, ciall, geur-bheachd. 6. opinion, notion: barail, beachd. 7. sentence against a criminal: binn, dìteadh, binn-dìtidh. 8. condemnation, theologically: dìteadh. 9. punishment inflicted by providence with reference to some particular crime: breitheanas, dìoghaltas, luigheachd. 10. distribution of justice: ceartas, breitheanas. 11. judiciary law, statute: lagh, ceartas, reachd, breitheanas. 12. the last doom: breitheanas, là a' breitheanais, la bhràth.
JUDICATIVE, *s.* Breitheach, a bheir breth.
JUDICATORY, *s.* 1. Distribution of justice: dìoladh, ceartais. 2. a court of justice: cùirt-ceartais mòd laghail.
JUDICATORY, *adj.* Breth-thabhairteach.
JUDICATURE, *s.* 1. Power of distributing justice: riaghladh-ceartais. 2. See Judicatory, *s.* 2.
JUDICIAL, *s.* 1. Practised in the distribution of public justice: laghail, a réir ceartais. 2. inflicted on as a penalty: peanasach, dìoghaltach, air mhodh dìoghaltais.
JUDICIALLY, *adv.* See Judicial.
JUDICIARY, *adj.* Breth-thabhairteach.
JUDICIOUS, *adj.* Tuigseach, crìonna, glic, eagnaidh, ciallach, seòlta.

JUDICIOUSLY, *adv.* See Judicious.
JUDICIOUSNESS, *s.* Tuigseachd, crìonnachd, gliocas, eagnaidheachd, seòltachd.
JUG, *s.* Soitheach-dibhe, cragan, noigean-crèadha.
JUG, *v. n.* Dean guth binn, no dùrdanach, dùrdanaich.
JUGGLE, *v. n.* 1. Play tricks by slight of hand: dean cleasachd. 2. practice, artifice, or imposture: meall, cuilbheartaich.
JUGGLE, *s.* 1. A trick by legerdemain: cleasachd. 2. an imposture, deception: cuilbheart, mealltaireachd, foill.
JUGGLER, *s.* 1. One who practises by slight of hand: cleasaiche, làmh-chleasaiche. 2. a cheat, a trickish fellow: mealltair, cealgair, fear-innleachd.
JUGGLING, *s.* Mealltaireachd, cuilbheart.
JUGGLINGLY, *adv.* Gu cealgach, gu cuilbheartach, gu meallta.
JUGULAR, *adj.* Sgòrnanach, muinealach, sluganach.
JUICE, *s.* Sùgh, brìgh.
JUICELESS, *adj.* Tioram, neo-shùghmhor, neo-bhrìoghmhor, seasgta.
JUICINESS, *s.* Sùghmhorachd, brìoghmhorachd, buige, sult.
JUICY, *adj.* Sùghach, sùghmhor, brìoghmhor, sultmhor, maoth.
JUKE, *v. n.* 1. Push upon any thing as birds: suidh mar eun, luidh mar eun. 2. bend the head: crom an ceann.
JULAP, *s.* Deoch-leighis.
JULY, *s.* Mìos dheireannach an t-samhraidh, a' mhìos bhuidhe.
JULY FLOWER, *s.* See Gilly-flower.
JUMBLE, *v. a.* et *n.* Cuir troimh chéile, co-measgaich, crath an ceann a chéile, aimhreitich.
JUMBLE, *s.* Coimeasgadh, treamsgal.
JUMENY, *s.* Beathach eallaich, ainmhidh-oibre.
JUMP, *v. a.* et *n.* 1. Leap, skip: leum, geàrr leum, geàrr sùrdag. 2. jolt: crath, crithich, thoir crathadh air. 3. agree, talk, join: còrd, cord ri, aontaich le, taitinn ri. 4. venture on, risk, hazard: rach an gàbhadh, cuir an gàbhadh.
JUMP, *s.* Leum, leum-ruith, sùrdag.
JUMPER, *s.* Leumadair.
JUNCATE, *s.* 1. See Cheese-cake. 2. any delicacy: mìlsean, biadh milis. 3. a furtive, or private entertainment: cuirm-folaich.
JUNCOUS, *adj.* Luacharach.
JUNCTION, *s.* Ceangal, dlùthachadh, co-cheangal, aonadh, co-aonadh.
JUNCTURE, *s.* 1. The line at which two things are joined together: snaidhm, co-cheangal. 2. joint, articulation: alt, lùdan. 3. union, amity: réite, còrdadh, càirdeas, aonta, co-aonta. 4. a critical point, or article of time: gàbhadh, càs.
JUNE, *s.* Og-mhìos, mìos meadhoin sambraidh.
JUNIOR, *adj.* Òige, a 's òige, ìochdrach.
JUNIORITY, *s.* Oige, òigead.
JUNK, *s.* 1. A sort of Chinese or eastern ship: long Innseanach. 2. pieces of old cable: òrd càbuill, seana mhìr càbuill.
JUNKEY, *s.* See Juncate.
JUNKEY, *v. n.* 1. Feast secretly: gabh biadh-folaich, gabh cuirm gun fhios. 2. See Feast, *v.*
JUNTA, } *s.* 1. See Cabal. 2. a congress of states-
JUNTO, } men, a council: comhairle, comhairle-rìghlaidh, flath-chomhairle.
IVORY, *s.* Deud-chnaimh, eheir, fiacail an elephaint
JUPPON, *s.* Còta geàrr.
JURAT, *s.* Breitheamh, fear air mhionnaibh chum dreuchd.
JURATORY, *adj.* Mionnachail.
JURIDICAL, *adj.* Lagh-ghnàthach, lagh-chleachdach.
JURIDICALLY, *adv.* See Juridical.
JURISCONSULT, *s.* Comhairleach-lagha, lagh-chomhairleach.
JURISDICTION, *s.* Uachdranachd laghail, ùghdarras laghail.
JURISPRUDENCE, *s.* Eòlas-lagha, reachd-eòlas.
JURIST, *s.* Fear-lagha.
JUROR, *s.* See Juryman.
JURY, *s.* Luchd-mòid, luchd-breith ann am mòd, luchd-deuchainn.
JURYMAN, *s.* Fear-ceartais, fear-breith, fear-deuchainn.
JURYMAST, *s.* Crann-éigin.
JUST, *adj.* 1. Upright, uncorrupt: ceart, dìreach, fìrinneach, ionraic, treibhdhireach. 2. honest, without crime in dealing with others: còir, ceart. 3. exact, proper, accurate: dligheach, diongmholta, cubhaidh. 4. virtuous, innocent, pure: glan, fìorghlan, neo-chiontach. 5. true, not forged: fìor, fìrinneach. 6. equally retributed: dligheach. 7. complete, without superfluity, or defect: diongmholta, coimhlionta, iomlan. 8. regular, orderly: riaghailteach, cuimseach, dòigheil. 9. exactly proportioned: cothromach. 10. full, of full dimensions: làn, iomlan.
JUST, *adv.* 1. Exactly, justly, accurately: dìreach, ceart, gu dìreach, gu ceart, gu cothromach. 2. merely, barely: dìreach. 3. nearly, almost: ach beag, beag ach, beag nach, cha mhòr nach.
JUST, *s.* See Joust, *s.*
JUST, *v. n.* See Joust, *v.*
JUSTICE, *s.* 1. The justice by which we give every man what is his due: ceartas, còir, ceart, cothrom, breitheanas. 2. vindicative retribution, punishment, opposed to mercy: dìoghaltas, ceart dhlighe, tuarasdal dligheach. 3. one deputed by the king to do right by way of judgment: breitheamh, sìth-bhreitheamh.
JUSTICESHIP, *s.* Dreuchd fir-ceartais, ionad-breitheimh.
JUSTICIARY, *s.* Fear-ceartais.
JUSTIFIABLE, *adj.* So-dhìonaidh, so-fhìreanachaidh, so-thagraidh, lethsgeulach.
JUSTIFIABLENESS, *s.* So-dhìonaidheachd, so-fhìreantachd, so-thagraidheachd, ceartas, còir.
JUSTIFIABLY, *adv.* See Justifiable.
JUSTIFICATION, *s.* 1. Absolution: loghadh, maitheanas. 2. defence, maintenance, vindication, support: taic, tagradh, dìonadh, seasamh. 3. deliverance by pardon from sins past: fìreanachadh.

Justificative, *adj.* Fìreanachail, a dh' fhìreanaicheas.
Justificator, *s.* Fear-saoraidh, fear-fìreanachaidh, fear-dìonaidh, fear-tagraidh.
Justifier, *s.* See Justificator.
Justify, *v. a.* 1. Clear from imputed guilt, absolve from an accusation: fìreanaich, saor o. 2. maintain, depend, vindicate: dìon, tagair, seas, dean taic ri. 3. free from past sin by pardon: fìreanaich.
Justle, *v. a.* et *n.* 1. Push, drive, force by pushing against it: put, puc, purr, utagaich. 2. encounter, clash, rush against each other: thoir ruathar, ruith an coinneamh a chéile, buail a cheile.
Justle, *s.* Utag, upag, lag-bhuille.
Justly, *adv.* See Just, *adj.*
Justness, *s.* 1. Reasonableness, equity: ceartas, còir, reusontachd, cothromachd. 2. accuracy, exactness, propriety: pongalachd, riaghailteachd, cubhaidheachd.
Jut, *v. n.* 1. Push or shoot into prominences, come out beyond the main bulk: tulg a mach, stùc, seas a mach. 2. run against, but: put, purr.
Jutty, *v. a.* Sìn a mach, cuir am fad.
Jutty, *s.* 1. That part of a building which shoots beyond the rest: tulgadh, bolg-togalach. 2. a kind of pier, a mole projected into the sea: laimhrig.
Juvenile, *adj.* Òg, ògail.
Juvenility, *s.* 1. Youthfulness: òige, ògalachd. 2. light and careless manner: òg-ghnàths, eutromachd, òg-fhonn.
Juxtaposition, *s.* Fagusachd, dlùthachd, dlùthshuidheachadh.
Ivy, *s.* Eidheann, eidheann mu chrann, iadh-shlat.
Ivyed, *adj.* Eidheannach.

Kail, *s.* Càl.
Kalendar, *s.* Mìosachan, mìos-chlar.
Kali, *s.* Feamuinn.
Kam, *adj.* Cam, fiar, crom.
Kaw, *v. n.* Ròc, dean ròcail.
Kayle, *s.* Cluich nan naodh toll.
Keck, *v. n.* Dìobhair, dean dìobhairt, sgreamhaich.
Keckle, *v. a.* Dìon cabull le suaineadh, suain càbull.
Kecksy, *s.* Iteodha.
Kedge, *v. a.* Slaod long.
Kedger, *s.* Acair-luinge.
Kee, *s.* See Kine.
Keech, *s.* Meall.
Keel, *s.* Druim-luinge, druim-bàta.
Keel, *v. a.* et *n.* See Cool, *v.*
Keelage, *s.* Càin-acarsaid.
Keelfat, *s.* Amar-fuarachaidh.
Keelson, *s.* Druim-luinge, 's an taobh stigh.
Keelhale, *v. a.* Leth-bhàth, thoir tumadh-bàthaidh do.
Keen, *adj.* 1. Sharp, well-edged, not blunt: geur, faobharach. 2. severe, piercing: sgaiteach, coimheach, searbh, nimheil. 3. eager, vehement: dian, togarrach, dùrachdach, eudmhor. 4. acrimonious, bitter of mind: searbh, gamhlasach, nàimhdeil. 5. sharp, acute of mind: geur, beur, geur-fhiosrach.
Keenly, *adv.* See Keen.
Keenness, *s.* 1. Sharpness, edge: géire, géiread. 2. rigour of weather, piercing cold: fuachd, cruaidh-fhuachd, coimheachas, nimheachd, 3. asperity, bitterness of mind: beurachd, gamhlasachd, naimhdeas, coimheachas. 4. eagerness, vehemence: géire, dianachd, dùrachd, eudmhorachd. 5. acuteness of understanding: geur-thuigseachd, géire.
Keep, *v. a.* 1. Retain, lose not: cum, gléidh. 2. have in custody: gléidh. 3. preserve, let not go: cum, gléidh. 4. preserve in a state of security: gléidh, dìon. 5. save from danger, deliver: saor, teasairg. 6. protect, guard: dìon, gléidh. 7. restrain from flight: gléidh, cum. 8. hold for another: gléidh. 9. detain, or hold as a motive: bac, cuir stad air, cum. 10. tend, have care of: gléidh. 11. preserve in the same tenor or state: cum, cum suas. 12. regard, attend: cum faire, dean faire air. 13. suffer not to fail: gléidh, cum suas. 14. hold in any state: cum. 15. retain by some degree of force in any place, or state: cum, gléidh. 16. continue in any state or action: feith. 17. keep silence: cum do thosd. 18. practise, use habitually: gnàthaich, cum. 19. copy carefully: cum, gléidh. 20. observe or solemnize any time: cum. 21. observe, violate not: gléidh, coimhid. 22. maintain, support with necessaries of life: cum suas, beathaich. 23. have in the house: gléidh. 24. intermit not: dean faire air, cum faicill. 25. maintain, hold: cum, coimhid. 26. remain in:

cum, fuirich ann. 27. reveal not, betray not: glèidh, cum, coimhid. 28. restrain, withhold: bac, cum air ais, grab. 29. debar from any place: seum, toirmisg. 30. keep back, reserve, withhold: glèidh, cum air ais. 31. keep company, frequent any one, accompany: taghail, dean taobh ri, dean cuideachdas ri. 32. keep in, conceal, tell not: ceil, folaich, cum ort. 33. keep in, restrain, curb: ceannsaich, cum fodha. 34. keep off, bear to a distance, admit not: cum air falbh, cum a mach. 35. keep off, hinder: bac, grab, amail. 36. keep up, maintain without abatement: cum suas. 37. keep up, continue, hinder from ceasing: cum suas, cum air chois. 38. keep under, oppress, subdue: cum fodha, sàruich, claoidh. 39. care for, regard: thoir aire do. 40. remain by some labour or effort, in a certain state: cum. We kept at sea: chean sinn ri fairge. 41. continue in any place or state, stay: fuirich, fan, tàmh. 42. remain unhurt, last, be durable: mair, seas. 43. dwell, live constantly: fan, mair. 44. adhere strictly to: lean, lean ri. 45. keep on, go forward: buanaich, rach air t' aghaidh.

KEEP, *s.* 1. The strongest part of old castles: daingneach. 2. custody, guard, charge: gleidheadh, cùram, aire. 3. guardianship, restraint: cùram, smachd. 4. (colloquially) condition: sult, cor, cruth.

KEEPER, *s.* 1. A defender, a preserver: fear-gleidhidh. 2. one who holds any thing for the use of another: fear-gleidhidh, fear-coimhid, fear-sùla. 3. one who has prisoners in custody: fear-gleidhidh prìosain. 4. one who has care of packs or beasts of chace: frìdhear, fòrsair. 5. one having the superintendence or care of any thing: fear-coimhid, fear-gleidhidh, gleidheadair.

KEEPERSHIP, *s.* Gleidheadaireachd, coimhead, gleidheadh.

KEEPING, *s.* 1. Charge, custody: cùram, cùram-gleidhidh, aire, eallach. 2. care to preserve, preservation: coimhead, dìon, gleidheadh. 3. guard: faicill, freiceadan.

KEEPSAKE, *s.* Cuimhneachan.

KEG, *s.* Buideal, cingean, tunna.

KELL, *s.* 1. The omentum: sgairt, brat a' mhionaich. 2. a sort of pottage: càl, eanaraich, bruthaist.

KELP, *s.* Sùgh feamnach loisgte, ceilp.

KELPY, *s.* Each-uisge.

KELSON, *s.* See Keelson.

KELTER, *s.* Riaghailt, òrdugh, rian.

KEMB, *v. a.* See Comb, *v.*

KEN, *v. a.* et *n.* 1. See at a distance, descry: aithnich, faic am fad. 2. See Know. 3. look round: amhairc, amhairc mu 'n cuairt.

KEN, *s.* Fradharc, sealladh, fios, aithne.

KENNEL, *s.* 1. A cot for dogs: tigh-chon, garaidh. 2. a number of dogs kept in a kennel: greigh chon. 3. the hole of a fox, or other beast: saobhaidh, càrn, garaidh. 4. the water course of a street: guitear, clais-shalachair.

KENNEL, *v. a.* et *n.* 1. Keep in a kennel: gleidh an garaidh, cuir an garaidh. 2. lie, dwell, as a beast: luidh, crùb, luidh an slochd, luidh am faic.

KEPT, *part.* Glèidhte, cumta.

KERB, *s.* Cearb.

KERCHIEF, *s.* 1. A head dress of a woman: brèid an crannaig, currag, èideadh-cinn. 2. any loose cloth used in dress: falluinn.

KERCHIEFED, *adj.* Brèideach, fuidh bhrèid, curraiceach.

KERN, *s.* Ceatharnach, fear-ceathairn, òglach, saighdear.

KERN, *s.* 1. A hand mill, still used in certain districts of the Highlands of Scotland: bràth, braghainn. 2. See Churn. 3. *kern-baby:* maighdeanbhuana.

KERN, *v. n.* 1. Harden, as ripened corn: cruadhaich, crùdh. 2. take the form of grains, granulate: meallanaich, cinn 'n a mheallanaibh.

KERNEL, *s.* 1. The edible substance contained in a shell: eitein, biadh. 2. (in anatomy): fàireag.

KERNEL, *v. n.* Abuich, cinn mar eitein.

KERNELLY, *adj.* Fàireagach, eiteineach.

KERSEY, *s.* Clò garbh.

KERVE, *v. a.* See Carve, *v.*

KESAR, *s.* An emperor: cìs-fhear, cìos-fhear.

KESTREL, *s.* Speireag, seabhag beag.

KETCH, *s.* Long dà chrann.

KETTLE, *s.* Coire.

KETTLEDRUM, *s.* Druma-cheann-umha.

KETTLEPINS, *s.* See Kayle.

KEX, *s.* Iteodha.

KEY, *s.* 1. An instrument to open locks: iuchar. 2. an explanation of any thing difficult: fuasgladh, mìneachadh. 3. (in music): fonn, tèis, uchdach. 4. a place for lading and unlading ships: laimhrig.

KEY-COLD, *adj.* Marbh, rag-marbh, fuar.

KEYAGE, *s.* Cìs-laimhrig.

KEYHOLE, *s.* Toll-iuchrach.'

KEYSTONE, *s.* Cloch-dhùnaidh, cloch-ghlasaidh.

KIBE, *s.* Cusp, cneadh-sàile.

KIBED, } *adj.* Cuspach.
KIBY, }

KICK, *v. a.* et *n.* 1. Strike with the foot: breab, buail le d' chos. 2. beat the foot in anger or contempt: breab.

KICK, *s.* Breab.

KICKER, *s.* Fear-breabaidh, breabadair.

KICKSHAW, *s.* Annas, rud neònach, faoineas.

KICKSEY-WICKSEY, *s.* Beanag, banagal.

KID, *s.* Meann, minnean, meann-bhoc.

KID, *v. n.* Beir meann.

KID, *v. a.* Taisbein, feuch, dean aithnichte, faigh a mach.

KIDDER, *s.* Fear-tasgaidh bìdh, chum a luach a thogail.

KIDDLE, *s.* Crò, cruibh, cro-iasgaich.

KIDLING, *s.* Minnean.

KIDNAP, *v. a.* Goid leanabh, glac le foill.

KIDNAPPER, *s.* Gadaiche dhaoine, mèirleach cloinne.

KIDNEY, *s.* 1. (In anatomy): àra, *pl.* airnean. 2. *ludicr.* sort, kind: gnè, seorsa, gineal.

Kidney-bean, *s.* Pònar.
Kilderkin, *s.* Buideal beag, leth-bharaille.
Kill, *v. a.* 1. Deprive of life, put to death : marbh, cuir gu bàs. 2. destroy animals for food: casgair, marbh. 3. deprive of life, as a cause, or instrument : mill, cuir as do, cuir gu dìth.
Killer, *s.* Marbhaiche, fear-marbhaidh, marbhadair, fear-casgairt.
Kiln, *s.* Àth, àtha.
Kilndry, *v. a.* Cròdhaich, èarrlaich, tiormaich air àtha.
Kilt, *part.* Marbhta, leònta, ciùrrta.
Kimbo, *adj.* Crom, cam, crasgach, tarsuinn, lùbta.
Kin, *s.* 1. Relation of consanguinity: cinneadh, fine, dàimh, càirdeas. 2. relation of affinity: cleamhnas. 3. relatives, those who are of the same race : fine, cinneadh, treubh, dream. 4. the same generical class: gnè, gineal.
Kind, *adj.* 1. Benevolent, filled with general good will: daonna, caoimhneil, còir, maitheasach. 2. favourable, beneficent: bàigheil, tlusail, carrthanach, fialaidh.
Kind, *s.* 1. Race, generical class : gnè, gineal, àl. 2. particular nature: gnè nàdurra, nàdur, bith nàdurra. 3. manner, way : modh, seòl.
Kindle, *v. a.* et *n.* 1. Set on fire, make to burn: las, fad, fadaidh. 2. inflame the passions, heat, fire the mind : cuir chuige, beothaich, las. 3. exasperate : brosnuich, cuir air boile. 4. catch fire : las, gabh teine, gabh.
Kindler, *s.* Fear-fadaidh, fear, fear-lasaidh, fear-brosnuchaidh, buaireadair.
Kindless, *adj.* Mi-nàdurra, neo-dhaonna.
Kindliness, *s.* 1. Favour, affection, good-will : deagh ghean, daonnachd, carrthanas, tlus, còireachd. 2. natural disposition, natural course: gnè nàdurra, modh nàdurra.
Kindly, *adj.* 1. Homogeneal, of the same nature: aon-ghnèitheach, aon-bhitheach. 2. natural, fit, proper : nàdurrach, cubhaidh, iomchuidh, freagarrach. 3. bland, mild, softening : bàigheil, tlusail, caoin, caoimhneil.
Kindly, *adv.* See Kind, *adj.*
Kindness, *s.* 1. Benevolence, beneficence, favour : caoimhneas, caomhalachd, seirc, maitheas, fialaidheachd. 2. benefit conferred : maitheas, coman.
Kindred, *s.* 1. Relation by birth, consanguinity: càirdeas, dàimh. 2. relation by marriage, affinity : cleamhnas. 3. relation, suit: samhladh, samhlaidheachd. 4. relatives: luchd-dàimh, càirdean, cinneadh.
Kindred, *adj.* 1. Congenial, cognate : aon-ghnèitheach, co-ghnèitheach. 2. related : dàimheil, càirdeach, dàimheach.
Kine, *s.* Crodh, spréidh, feudail, buar.
King, *s.* Righ.
Kingcraft, *s.* Eòlas-riaghlaidh, eòlas-righ.
Kingdom, *s.* Rìoghachd, dùthaich, talamh.
Kingfisher, *s.* Gobha-uisge, gobhachan-uisge.
Kinghood, *s.* Rìoghalachd, dreuchd-righ.
Kinglike, Kingly, } *adj.* Rìoghail, allail, òirdheirceach, flathail, mòrdha.
Kingly, *adv.* See Kingly, *adj.*
Kingsevil, *s.* Tinneas an righ, easba-bràghaid. See Scrofula.
Kingship, *s.* Rìogalachd, mòrdhachd, mòralachd.
Kinsfolk, *s.* Luchd-dàimh, càirdean, luchd-cinnidh.
Kinsman, *s.* Fear-cinnidh, caraid.
Kinswoman, *s.* Ban-charaid, bean-chinnidh.
Kipper, *s.* 1. Salmon unfit to be taken : iasg dubh, dubh-iasg. 2. salmon prepared and dried: fìor-iasg tiormaichte.
Kirk, *s.* Eaglais, tigh-aoraidh.
Kirtle, *s.* Trusgan, aodach-uachdair, falluinn.
Kiss, *v. a.* Pòg, thoir pòg, pàg, *provin.*
Kiss, *s.* Pòg, pògadh.
Kisser, *s.* Pògair, fear-pògaidh.
Kist, *s.* Cisde.
Kit, *s.* 1. A large bottle : soire, buideal. 2. a small diminutive fiddle : fiodhal. 3. a small wooden vessel : miosar dhruidte, cingean. 4. a milking pail with two ears : miodar-cluasach, cuman-bleodhainn.
Kitchen, *s.* 1. Where provisions are cooked : biadh-chluan, àite-còcaireachd. 2. (in Scotch) : annlan.
Kitchen-garden, *s.* Lios-càil, gàradh-càil.
Kitchen-maid, *s.* Ban-chòcair.
Kitchen-stuff, *s.* Uachdar-saille.
Kitchen-wench, *s.* Caile-shoithichean.
Kitchen-work, *s.* Còcaireachd, obair-bidhe.
Kite, *s.* 1. A bird of prey: clamhan, clamhan gòbhlach. 2. a name of reproach denoting rapacity: rag-mhèirleach. 3. a fictitious bird made of paper : ball-cluiche àraidh. 4. the belly: brù, maodal.
Kitten, *s.* Pisean, piseag, piseag-cait.
Kitten, *v. n.* Beir piseagan.
Kittle, *v. a.* See Tickle.
Kitling, *s.* See Kitten.
Klick, *v. n.* Gliog, sgailc.
Knab, *v. a.* Téim, criom, creim.
Knack, *s.* 1. A little machine, a petty contrivance, a toy : ball-cluiche. 2. a readiness, a lucky dexterity: làmhchaireachd, ealantachd, seòl, làmhchleas. 3. a nice trick : car, làmh-chleasachd.
Knack, *v. n.* 1. Make a sharp quick noise as when a stick breaks : cnac, sgailc, gneag. 2. speak finely or affectedly : labhair gu moiteil.
Knacker, *s.* 1. A maker of small work : fear-mion-oibre. 2. a rope-maker : fear-dèanaimh bhall.
Knag, *s.* 1. A hard knot in wood : snaidhm, cnag. 2. a peg for hanging any thing upon : cnag. 3. of a deer's antler : meur a' choin.
Knaggy, *adj.* Snaidhmeach, cnagach.
Knap, *s.* Cnap, meall, tom, binnean.
Knap, *v. a.* et *n.* 1. Bite, break short : sgath dheth, sgud, criom. 2. strike so as to make a sharp noise like that of breaking: gneag, sgailc, buail.
Knappish, *adj.* See Snappish.
Knapple, *v. n.* See Knap. *v.* 1.
Knappy, *adj.* Cnapanach, tomanach.
Knapsack, *s.* Màileid, bolg-turuis, màileid saighdeir.
Knar, *s.* Snaidhm, cruaidh shnaidhm, cnap, meall.
Knarled, *adj.* See Gnarled.

KNARRY, *adj.* Cruaidh, saidhmeach, cnapanach.
KNAVE, *s.* 1. A male or man child: leanabh-gille. 2. a servant: gille. 3. a petty rascal, a scoundrel: sgonn-balaich, truthair, slaightear, rògair, mealltair.
KNAVERY, *s.* Slaighteireachd, rògaireachd, mealltaireachd, braide, truathaireachd, droch-bheart.
KNAVISH, *adj.* 1. Dishonest, wicked, fraudulent: mealltach, truthaireach, fealltach, foilleil, cluainteach, clìceach. 2. waggish, mischievous: abhcaideach, bradach, droch-mhuinte.
KNAVISHLY, *adv.* See Knavish.
KNAVISHNESS, *s.* Mealltachd, truthaireachd, fealltachd, cluaintearachd, braide.
KNEAD, *v. a.* Taosainn, gréidh, fuin, measgaich.
KNEADER, *s.* Fuineadair.
KNEADING-TROUGH, *s.* Amar-fuinidh, losaid, clàr-fuinidh.
KNEE, *s.* Glùn.
KNEE, *v. a.* Guidh air do ghlùinibh.
KNEED, *adj.* 1. Having knees: glùnach. 2. having joints: altach.
KNEE-DEEP, *adj.* Gu ruig na glùinean.
KNEEL, *v. n.* Strìochd, lùb do ghlùn.
KNEELER, *s.* Fear-strìochdaidh.
KNEEPAN, *s.* Falaman na glùine.
KNEETRIBUTE, *s.* Strìochdadh, ùmhladh, ùmhlachd, aoradh.
KNELL, *s.* Beum-cluig, clag-bàis.
KNEW, *v. a.* See Know.
KNIFE, *s.* 1. An instrument edged and pointed: sgian, corc. 2. a sword or dagger: biodag, claidheamh, cuinnsear.
KNIGHT, *s.* Ridir, curaidh.
KNIGHT, *v. a.* Ridirich, dean, ridir dheth.
KNIGHTHOOD, *s.* Ridireachd.
KNIGHTLY, *adj.* Ridireach.
KNIGHTLY, *adv.* See Knightly, *adj.*
KNIT, *v. a.* et *n.* 1. Make, or unite by texture: figh. 2. tie, join, or unite: ceangail, dlùthaich. 3. contract: preas.
KNIT, *s.* Figheadh.
KNITCH, *s.* Cual, cual-chonnaidh.
KNITTABLE, *adj.* So-fhighidh.
KNITTING, *s.* Figheadh, ceangal, dlùthachadh.
KNITTER, *s.* Figheadair, figheadair-dhealg.
KNITTINGNEEDLE, *s.* Bior-fighidh, dealg-fighidh.
KNITTLE, *s.* 1. A purse-string: iall-sporain. 2. a small line used for various purposes at sea: còrd luinge.
KNOB, *s.* Cnap, cnapan, plucan, cnag, mulan, snaidhm.
KNOBBED, *adj.* Cnapach, cnapanach, cnagach, mulanach, snaidhmeach.
KNOBBINESS, *s.* Cnapachd, cnapanachd, mulanachd.
KNOBBY, *adj.* 1. See Knobbed. 2. hard, stubborn: dùr, danarra.
KNOCK, *v. a.* et *n* 1. Affect, or change in any respect by blows: buail. 2. dash together, strike, collide: buail, cnap, sgailc. 3. knock down: spad, buail sìos. 4. clash, be driven suddenly together: buail, sgailc. 5. beat as at a door for admittance: buail, buail an dorus, gnog. 6. knock under: géill, strìochd.
KNOCK, *s.* Buille, sgailc, cnap, fuaim buille.
KNOCKER, *s.* 1. One that fells by a blow: spadair, fear-spadaidh. 2. he that knocks: fear-bualaidh, buailtear. 3. of a door: glagan, glagan-doruis.
KNOCKING, *s.* Bualadh.
KNOLL, *s.* Tolm, tolman, tom, toman, dùn.
KNOLL, *v. a.* et *n.* 1. Ring the bell, as for a funeral: buail an clag, beum an clag. 2. sound as a bell: fuaimnich.
KNOP, *s.* See Knob.
KNOPPED, *adj.* See Knobbed.
KNOT, *s.* 1. Of a cord or string, or of timber: snaidhm. 2. any bond of association: ceangal, bann, co-bhann. 3. difficulty, intricacy: doirbheachd, deacaireachd. 4. a confederacy, or association: comunn, buidheann. 5. a cluster, a collection: bagaid.
KNOT, *v. a.* et *n.* 1. Complicate in knots: snaidhm. 2. entangle, perplex: dean doirbh, aimhreitich. 3. unite: aonaich, ceangail, dlùthaich.
KNOTGRASS, *s.* Glùineach dhearg.
KNOTTED, *adj.* Snaidhmeach.
KNOTTINESS, *s.* 1. Fullness of knots, unevenness, intricacy, difficulty: snaidhmeachas, snaidhmeachd, deacaireachd, cruas. 2. a protuberance, or swelling: cnapachas, meallanachd.
KNOTTY, *adj.* 1. Full of knots: snaidhmeach. 2. hard, rugged: cruaidh, doirbh. 3. intricate, perplexed: deacair, aimhreidh.
KNOW, *v. a.* et *n.* 1. Perceive with certainty: aithnich, fiosraich. 2. be informed of, be taught: fiosraich, ionnsuich. 3. distinguish: aithnich, comharraich. 4. recognize: aithnich. 5. be familiar with: bi eòlach mu, gabh eòlas air. 6. have clear and certain perception: fiosraich, measraich. 7. be not ignorant: fiosraich. 8. be informed: tuig.
KNOWABLE, *adj.* So-aithneachaidh, so-fhiosrachaidh.
KNOWER, *s.* Fear-eòlais, fear-aithne.
KNOWING, *adj.* 1. Skilful, well-instructed: eòlach, ealanta, seòlta, fiosrach, gleusda, aithneachail. 2. conscious, intelligent: fiosrach, glic, oileanta.
KNOWING, *s.* Aithne, fios, fiosrachd, eòlas.
KNOWINGLY, *adv.* See Knowing, *adj.*
KNOWLEDGE, *s.* 1. Certain perception: eòlas, aithne, tuigse, fios, dearbhachd, fiosrachd. 2. learning, illumination of mind: foghlum, ionnsuchadh, oilean, munadh, soilleireachd. 3. skill in any thing: eòlas, ealantas. 4. acquaintance with any fact or person: aithne, eòlas. 5. cognisance, notice: beachd, eòlas. 6. information, power of knowing: fiosrachadh, fiosrachd, tùr.
KNUBBLE, *v. a.* Buail, cnap, sgailc.
KNUCKLE, *s.* Rùdan, alt dùirn, alt.
KNUCKLE, *v. n.* Strìochd, géill.
KNUCKLED, *adj.* Rùdanach, altach.
KNUFF, *s.* Baothair, bumailear, burraidh, ùmaidh.
KNUR, } *s.* See Knar.
KNURLE, }
KNURLED, *adj.* See Gnarled.
KORAN, *s.* See Coran.
KYD, *v. n.* Aithnich, fiosraich, mothaich.

LA, *interj.* Seall! feuch! ah! o!
LAB, *s.* Glagair, beul gun fhàitheam.
LABEFY, *v. a.* Lagaich, claoidh.
LABEL, *s.* Comharradh sgrìobhta, ainm ni an crochadh ris.
LABEL, *v. a.* Comharraich, sgrìobh-chomharraich.
LABENT, *adj.* Sleamhuinn, sleamhnach.
LABIAL, *adj.* Bil-fhuaimneach, bileil.
LABIATED, *adj.* Bileach.
LABORATORY, *s.* Bùth-leighe, bùth-leighidheachd.
LABORIOUS, *adj.* 1. Diligent in work, assiduous: gnìomhach, dìchiollach, saothrachail. 2. requiring labour, tiresome, not easy: doirbh, deacair, cruaidh, sgìtheil.
LABORIOUSLY, *adv.* See Laborious.
LABORIOUSNESS, *s.* 1. Toilsomeness, difficulty: doirbheachd, deacarachd, cruas, sgìthealachd. 2. diligence, assiduity: dìchioll, gnìomhachd, saothar, dìchiollachd.
LABOUR, *s.* 1. Act of doing what requires exertion of strength, pains, travail, work: saothar. 2. work to be done: obair. 3. work done, performance: obair, dèanadas. 4. childbirth, travail: saothar-chloinne.
LABOUR, *v. a.* et *n.* 1. Work at, move with difficulty, prosecute with effort: saothraich, oibrich. 2. beat, belabour: gabh air, gréidh. 3. toil, act with painful effort: saothraich, dean dìchioll, gabh saothar ri. 4. do work, take pains: oibrich, gabh saothar ri. 5. move with difficulty: dean spàirn. 6. be in distress, be pressed: bi an teanntachd, bi 'n teinn. 7. be in childbirth: bi 'n saothar-chloinne, bi 'n luidhe-siùbhla.
LABOURER, *s.* Fear-oibre, oibriche, sgalag.
LABOURLESS, *adj.* Neo-shaothrachail.
LABYRINTH, *s.* Cuairt aimhreidh, iom-chuairt.
LABURNUM, *s.* A' bhealaidh Shasunnach.
LACE, *s.* 1. A string, a cord: sreang, stìom, stiall, iall. 2. a snare, a gin: ribe, lìon, gòisne. 3. ornaments of fine thread curiously woven: balt air fhighe.
LACE, *v. a.* 1. Tie, bind as with a cord: ceangail, sreangaich, iallaich. 2. embellish with variegations: rìomhaich, grinnich.
LACERABLE, *adj.* So-reubaidh, so-shracaidh.
LACERATE, *v. a.* Reub, srac, sgoilt.
LACERATION, *s.* Reubadh, sracadh.
LACERATIVE, *adj.* Sracach, reubach.
LACHRYMABLE, *adj.* See Lamentable.
LACHRYMAL, *adj.* Deurach, deurachail.
LACHRYMARY, *adj.* Deurach.
LACHRYMATION, *s.* Gul, caoidh, sileadh dheur.
LACIVIATED, *adj.* Oir-ghréisichte.
LACK, *v. a.* et *n.* Bi am feum, bi dh' easbhuidh, bi 'n uireasbhuidh.
LACK, *s.* Uireasbhuidh, easbhuidh, dìth, gainne, ainnis, aimbeart.
LACKADAY, *interj.* An latha dubh! mise 'n diugh!
LACKBRAIN, *s.* Baoghair, amadan, ùmaidh.
LACKER, *s.* Dìth-fhear, fear uireasbhuidheach.
LACKER, *s.* Sùgh-lìomhaidh.
LACKER, *v. a.* Lìomh, cuir sùgh-lìomhaidh air.
LACKEY, *s.* Gille-ruith, gille-coise.
LACKEY, *v. a.* et *n.* Fritheil, fritheil do, feith air.
LACKLINEN, *adj.* Gun léine.
LACKLUSTRE, *adj.* Neo-dhealrach, neo-dheàrsach, doilleir.
LACONIC, LACONICAL, *adj.* Geàrr, aithghearr, geàrr-chainnteach, geàrr-bhriathrach.
LACONICALLY, *adv.* See Laconic.
LACONISM, *s.* Geàrr-chainnteachd, geàrr-bhriathar, geàrr-chainnt.
LACTAGE, *s.* Toradh-bainne.
LACTARY, *adj.* Bainneach, bainnear.
LACTARY, *s.* Tigh-bainne.
LACTATION, *s.* Deoghal, cioch-thabhairt.
LACTEAL, *adj.* Bainneach, air dhreach-bainne.
LACTEAL, *s.* Cuisle-goile, cuisle sùgh-fola.
LACTEAN, *adj.* Bainneach, air dhreach-bainne.
LACTEOUS, *adj.* Bainneach, bainnear.
LACTESCENCE, *s.* Bainneachas, bliochdas.
LACTESCENT, *adj.* Bainneach, geal-shùghach.
LACTIFEROUS, *adj.* Bainne-thabhairteach, bainneach.
LAD, *s.* 1. A stripling, a boy: pàisde, balachan, proidseach. 2. a young man: gille, giolla, ògan, òganach, òigean.
LADDER, *s.* Aradh, fàradh, dreimire.
LADE, *s.* Os, inbhir, beul aimhne.
LADE, *v. a.* et *n.* 1. Load, burthen, freight: luchdaich, lìon, 2. heave out, throw out: tilg a mach, taom, falmhaich. 3. draw water: tarruing, tarruing uisge.
LADING, *s.* Luchd, eallach, éireadh, làn.
LADKIN, *s.* Giollan, balachan.
LADLE, *s.* Liagh, ladar.
LADLEFUL, *s.* Làn-léigh.
LADY, *s.* Baintighearn, bean-uasal, maighdean, maighdean urramach, rìbhinn, ban-mhorair.
LADY-BIRD, LADY-BUG, LADY-COW, LADY-FLY, *s.* Daolag bhreac-dearg.
LADY-DAY, *s.* Latha muire naoimh.

Ladylike, *adj.* Bainndidh, baineal, sgiamhach, màlda, suairc, circachdail.
Lady's-mantle, *s.* Falluinn mhuire, no, còta preasach nighinn an righ.
Ladyship, *s.* Baintighearnas, baintighearnachd.
Lag, *adj.* 1. Coming behind falling short: deireannach, adhaiseach. 2. sluggish, slow, tardy: màirnealach, leasg, trom, mall. 3. last, long delayed: deireannach, air dheireadh.
Lag, *s.* 1. The lowest class, the fag end: deireadh, carbal, suarachas, ceann-deiridh. 2. he that comes last, or lags behind: fear-deiridh, ceann-deiridh.
Lag, *v. n.* 1. Loiter, move slowly: dean màirneal, tuit air deireadh, mall-ghluais. 2. stay behind: fan air deireadh.
Laggard, *adj.* Màirnealach, leasg, fadalach, deireannach.
Lagger, *s.* Leisgean, lunndair, fear-fadail.
Laic, *s.* Fear nach buin do 'n chléir.
Laical, *adj.* Pobullach, nach buin do 'n chléir.
Laid, *pret. part.* of Lay, *v.* Càirichte, cuirte, socruichte, suidhichte. See Lay, *v.*
Lain, *pret. part.* of Lie, *v.* Air luidhe.
Lair, *s.* 1. The couch of a boar, or wild beast: fail, faic, brocluinn. 2. pasture, the ground: ionaltradh.
Laird, *s.* Tighearn, uachdaran, fear-fearainn.
Laity, *s.* Pobull, am pobull, an sluagh, air leth o 'n chléir.
Lake, *s.* 1. A large diffusion of inland water: loch, loch-uisge. 2. a small splash of water: poll, pollag-uisge. 3. the colour: duth, dorch-dhearg.
Laky, *adj.* Lochach.
Lamb, *s.* Uan.
Lamb, *v. n.* Beir uan.
Lambative, *adj.* So-iomleachaidh.
Lambent, *adj.* Cluicheach, mireagach, neo-chronail.
Lambkin, *s.* Uanan, uanachan, uanagan.
Lamblike, *adj.* Uanail, neo-lochdach.
Lame, *adj.* 1. Crippled, disabled in the limbs: bacach, ciorramach, crùbach. 2. hobbling, not smooth: neo-chòmhnard, garbh. 3. imperfect, unsatisfactory: neo-choimhlionta, neo-dhiongmholta, lapach.
Lame, *v. a.* Dean bacach, dean crùbach.
Lamellar, *adj.* Leacach, leacagach, sgrathach.
Lamellated, *adj.* Leacaichte, sgrathaichte.
Lamely, *adv.* See Lame, *adj.*
Lameness, *s.* 1. The state of a cripple: bacaiche, crùbaiche. 2. imperfection, weakness: neo-choimhliontachd, neo-dhiongmholtachd, lapaiche, cioram.
Lament, *v. a.* et *n.* 1. Bewail, mourn for: caoidh, guil, dean bròn air son. 2. mourn, wail, grieve: caoidh, dean caoidh, bi tuirseach, bi brònach, bi dubhach.
Lament, *s.* Cumha, caoidh, tuireadh, tuirse, bròn.
Lamentable, *adj.* Tuirseach, brònach, airsnealach, muladach, dubhach, deurach.
Lamentably, *adv.* See Lamentable.
Lamentation, *s.* Tuireadh, cumhadh, caoidh, bròn, mulad.
Lamenter, *s.* Fear-caoidh, fear-bròin, fear brònach.
Lamenting, *s.* See Lamentation.
Lamina, *s.* Sgrath, no, leac thana, slige, rùsg tana.
Laminated, *adj.* Sgrathach, leacach, leacanta.
Lamm, *v. a.* Buail, gréidh le bata.
Lammas, *s.* Liùnasdan, liùnasd-fheill, lùnasdal.
Lamp, *s.* Lòchran, crùisgean, solus-ola, leus.
Lampblack, *s.* Dubhach-lòchrain.
Lampoon, *s.* Aoir, aoireadh, bàrd-chàineadh.
Lampoon, *v. a.* Aoir, càin.
Lampooner, *s.* Aoireadair, fear-càinidh.
Lamprey, *s.* Seòrsa easguinn, buarach na baoibhe.
Lance, *s.* Sleadh, lann, gath.
Lance, *v. a.* 1. Pierce, cut: geàrr, gon, bruidich. 2. open surgically, cut in order to cure: leig fuil, fosgail, leig air.
Lancer, *s.* Fear-sleagha, sleaghadair.
Lancet, *s.* Sgian-fhola, gath-fola, cuisleag.
Lanch, *v. a.* et *n.* See Launch, *v.*
Lancinate, *v. a.* Srac, sgoilt, sgàin.
Lancination, *s.* Sracadh, reubadh, sgoltadh, sgàineadh.
Land, *s.* 1. A country, a region, distinct from other countries: tìr, dùthaich, fearann. 2. earth, distinct from water: talamh, talamh tioram. 3. an estate, real and immovable: fearann, oighreachd. 4. a nation, a people, the inhabitants of the land: tìr, luchd-àiteachaidh.
Land, *v. a.* et *n.* 1. Set on shore: cuir air tìr. 2. come to shore: gabh tìr, rach air tìr.
Landed, *adj.* Fearannach, beartach, am fearann.
Landfall, *s.* Tuiteamas fearainn, dìleab-fearainn.
Landflood, *s.* Tuil, dìle, dìlinn.
Land-forces, *s.* Feachd-tìre.
Landholder, *s.* Fear-fearainn, fear-oighreachd.
Landing, / Landing-place, *s.* 1. The top of stairs: ceann staighre. 2. the act of coming on shore: tìr-ghabhail. 3. a pier, or mole: laimhrig.
Landjobber, *s.* Fear-reic is ceannach fearainn.
Landlady, *s.* 1. A woman who has tenants holding from her: baintighearn, ban-uachdaran. 2. the mistress of an inn: bean-tighe, bean-an-tighe, bean-òsda, ban-ghrùdair.
Landless, *adj.* Gun fhonn, gun fhearann.
Landlocked, *adj.* Tìr-dhruidte, tìr-chuairtichte.
Landloper, *s.* Fear-tìre, tìreanach.
Landlord, *s.* One who owns lands or houses, and has tenants under him: uachdaran, tighearn. 2. the master of an inn: fear-tighe, fear-an-tighe, òsdair, grùdair.
Landman, *s.* Fear-tìre, tìreanach.
Landmark, *s.* Clach-chrìche, comharradh-crìche.
Landscape, *s.* Aghaidh-dùthcha, sealladh tìre, dealbh-tìre.
Land-tax, *s.* Cìs-fhearainn, fonn-chìs.
Land-waiter, *s.* Maor-cuspuinn.
Landward, *adv.* Gu tìr.
Land-wind, *s.* Gaoth-thìre, gaoth-bheann.
Land-worker, *s.* Treabhaiche, tuathanach.
Lane, *s.* 1. A narrow way between hedges: frithrathad. 2. a narrow street, an alley: sràid chumh-

ann, frith-shràid. 3. a passage between men standing on each side: fosgladh.

Language, *s.* Cainnt, cànain, uirghioll, teanga.

Languaged, *adj.* 1. Knowing language, using language properly or gracefully: cainnteach, deas-chainnteach, deas-bhriathrach. 2. having various languages: ioma-chainnteach.

Language-master, *s.* Oide-chainntean, fear-teagaisg chànain.

Languid, *adj.* 1. Faint, weak, feeble: lag, fann, anfhann, lag-chuiseach. 2. dull, heartless: marbhanta, lag-chridheach, trom, neo-shunndach.

Languidly, *adv.* See Languid.

Languidness, *s.* Laige, fannachd, anfhannachd, lag-chuiseachd, marbhantachd, lag-chridheachd.

Languish, *v. a.* et *n.* 1. Make feeble, cause to droop, depress, wear out: lagaich, sàruich, claoidh. 2. grow feeble, pine away, lose strength: lagaich, fannaich, fàs lag, searg as, sìolaidh seachad. 3. sink or pine under sorrow, or any slow passion: searg, caith as, crìon.

Languish, *s.* 1. Act or state of pining: seargadh, crìonadh. 2. soft appearance: tlàth-shealladh, tlàth-shul.

Languisher, *s.* Fear-crìonaidh, fear-caitheimh as, seargadair.

Languishing, *s.* Laigse, fannachd, anfhannachd.

Languishingly, *adv.* Gu fann, gu h-anfhann, gu lag.

Languishment, *s.* 1. State of pining: lagachadh, fannachadh, crìonadh, seargadh as, sìoladh as, sìoladh seachad. 2. softness of mien: tlàthas, tlàth-shealladh, mìn-shealladh.

Languor, *s.* 1. Faintness, wearisomeness: laigse, sgìos, anfhannachd. 2. listlessness, inattention: neo-aire, neo-spéis, neo-mhothalachd, neo-bheothalachd. 3. softness, laxity: taise, buige, sgìthealachd, fannachd.

Laniate, *v. a.* See Lacerate.

Lanifice, *s.* Aodach ollainn, obair ollainn.

Lanigerous, *adj.* Ollanach, clòimheach.

Lank, *adj.* Seang, caol, neo-làn, neo-theann, tana, bochd.

Lank, *v. n.* Caith as, fannaich, caith.

Lankly, *adv.* See Lank.

Lankness, *s.* Seangachd, caoile, neo-lànachd, neo-theannachd.

Lansquenet, *s.* Saighdear-coise.

Lantern, *s.* 1. A transparent case for a candle: lainntear, lòchran. 2. a light-house: tigh soluis. Lantern jaws: peirceall thana.

Lanuginous, *adj.* Clòimheach, molach.

Lap, *s.* 1. The loose part of a garment, that may be doubled at pleasure: filleadh, filleag, sgùird-iomall. 2. in the lap: air a ghlùn.

Lap, *v. a.* et *n.* 1. Wrap, or twist round any thing: fill, figh mu 'n cuairt, paisg. 2. be spread or turned over any thing: cuairtich, fill. 3. feed by quick reciprocations of the tongue: imlich, lapraich.

Lapdog, *s.* Measan, crann-chu.

Lapful, *s.* Làn-sgùird.

Lapicide, *s.* Cloch-ghearradair.

Lapidary, *s.* Fear-leug-chlach, leug ghearradair, leug-ṙeiceadair.

Lapidate, *v. a.* Clach, clach gu bàs.

Lapidation, *s.* Clachadh, clachadh gu bàs.

Lapideous, *adj.* Clachaidh, clachach.

Lapidescence, *s.* Clach-chruinneachadh, cruadhachadh.

Lapidific, *adj.* Clach-dhèanadach, clach-ghineadach.

Lapidification, *s.* Clach dhèanamh, clach-ghineamhuinn.

Lapidist, *s.* See Lapidary.

Lapis, *s.* Cloch.

Lapper, *s.* 1. One who wraps up: filleadair, fear-pasgaidh. 2. One who laps, or licks: fear-imlich, fear-laprachaidh.

Lappet, *s.* Filleag, crochadan.

Lapse, *s.* 1. Flow, fall, smooth course: aomadh, tuiteam, slaodadh, sruthadh, réidh-shruth. 2. a petty error, a slight fault: tapag, mearachd. 3. translation of right from one to another: atharrachadh, ath-bhuileachadh.

Lapse, *v. a.* et *n.* 1. Suffer to slip: leig ruith ḟe. 2. suffer to fall or be vacant: leig ḟe, fàg falamh. 3. accuse, convict of a fault: coirich, dìt. 4. glide slowly, fall by degrees: sleamhnaich, tuit. 5. fail in any thing, slip, commit a fault: fàilnich, rach mearachd, rach iomrall. 6. slip, as by inadvertency, or mistake: tuislich. 7. fall from perfection, truth, or faith: cùl-sleamhnaich, tuit o 'n chreidimh.

Lapwing, *s.* Curracag, adharcag, adharcag-luachrach, adharcan-luachrach.

Lapwork, *s.* Obair-fhillte.

Larboard, *s.* Taobh clì luinge, bac-bhord.

Larceny, *s.* Braide, beag-ghaduidheachd, min-mhèirle.

Larch, *s.* Learag, craobh-learaig.

Lard, *s.* 1. The grease of swine: geir-mhuc, muc-bhlonag. 2. bacon, the flesh of swine: muic-fheoil.

Lard, *v. a.* et *n.* 1. Stuff with bacon: lìon ḟe saill. 2. fatten: reamhraich. 2. mix with something else by way of improvement: leasaich. 4. grow fat: fàs reamhar.

Larder, *s.* Tigh-feòla, tigh-bìdh.

Larderer, *s.* Fear-coimhid tigh-feòla.

Lardon, *s.* Staoig muic-fheoil.

Lardry, *s.* Tigh-bìdh.

Large, *adj.* 1. Big, bulky: mòr, tomadach, tomultach. 2. wide, extensive: farsuinn, leathan. 3. liberal, abundant, plentiful: pailt, saoibhir, tarbhach. 4. comprehensive, great: tarbhach, brìoghmhor, mòr. 5. copious, diffuse: fuasgailteach, sgaoilteach, fuasgailte. 6. at large, without restraint: gun chuing, saor, fuasgailte. 7. at large, diffusely, in the full extent: gu farsuing, gu h-iomlan.

Largely, *adv.* See Large.

Largeness, *s.* 1. Bigness, bulk: mòrachd, meud, meudachd, tomult. 2. liberality: pailteas, saoibh-

reas, fialaidheachd. 3. greatness, comprehension: farsuingeachd, tarbhachd. 4. extension, amplitude: meudachd, farsuingeachd. 5. wideness: leud.

Largeheartedness, *s.* Fialaidheachd, mòr-chridheachd.

Largess, *s.* Tìodhlac, tabhartas, toirbheartas, saor-thabhartas.

Lark, *s.* Uiseag, iseag.

Larklike, *adj.* Uiseagach, uiseagail.

Larum, *s.* Rabhadh, fuaim-cunnairt, caismeachd, fuaim-gàbhaidh, maoim.

Laryngotomy, *s.* Gearradh sgòrnain, chum leighis.

Larynx, *s.* Bràighe 'n sgòrnain.

Lasciviency, *s.* See Lasciviousness.

Lascivient, *adj.* Mear, mireagach.

Lascivious, *adj.* 1. Lewd, lustful: collaidh, macnusach, druiseil, ana-miannach. 2. wanton, soft, luxurious: mear, neo-gheamnuidh, neo-ghlan, sòghail.

Lasciviously, *adv.* See Lascivious.

Lasciviousness, *s.* Macnus, macnusachd, druisealachd, ana-miannachd.

Lash, *s.* 1. A stroke with any thing pliant and tough: buille-slaite. 2. the thong or point of the whip: iall-cuipe, ceann-shreang cuipe. 3. a sarcasm: geur-fhocal, beum, beum-teanga.

Lineage, *s.* Linn, sliochd, iarmad, clann, cinneadh, fine, sìol, teaghlach, gineal.

Lineal, *adj.* 1. Composed of lines, delineated: sìnte, sreathach, dealbhta, tarruingte. 2. descending in a direct genealogy: dìreach, dligheach. 3. hereditary, derived from ancestors: dligheach,

dualach, dùthchasach. 4. allied by direct descent: dàimheil, an cleamhnas.
LINEALLY, *adv.* See Lineal.
LINEAMENT, *s.* Cruth, dreach, dualachas, comharradh, gnùise.
LINEAR, *adj.* See Lineal, 1.
LINEATION, *s.* Stiall, sgrìob, sgriach, sreath.
LINEN, *s.* Anart, lìon-eudach.
LINEN, *adj.* Anartach, mar anart.
LINENDRAPER, *s.* Reiceadair anairt.
LINNENER, } LINNENMAN, } *s.* See Linendraper.
LING, *s.* 1. Heath: fraoch, sliabh. 2. a certain fish: langa.
LINGER, *v. n.* 1. Remain long in languour and pain: bi fada am péin, bi fuidh chràdh-thinneas. 2. hesitate, be in suspense: ag, bi an teagamh, bi an iom-chomhairle. 3. remain long; in an ill sense: dean màirneal, dean fadal. 4. remain long, without any action or determination: dean fadal, cuir dàil ann, dean dàil. 5. wait long in expectation, or uncertainty: fuirich, fan ri. 6. be long in producing effect: bi fada ri, gabh ùine.
LINGERER, *s.* Fear-màirneil, fear-fadail, fear dàlach, fear leasg, lunndair.
LINGERING, *s.* Màirneal, fadal, dàil.
LINGERINGLY, *adv.* Gu màirnealach, gu fadalach, gu h-adhaiseach.
LINGET, *s.* Òrd beag miotailte, geinn.
LINGLE, *s.* Snàithinn greusaiche.
LINGO, *s.* Cànain, cainnt, teanga, seòl-labhairt.
LINGUACIOUS, *adj.* Cainnteach, bruidhneach, briathrach, gobach.
LINGUIST, *s.* Fear-chànain, teangair, fear ionnsuichte an cainntibh.
LINIMENT, *s.* Cungaidh-leighis, sàbh, acfhuinn-ungaidh.
LINING, *s.* Lìnig, lìnigeadh.
LINK, *s.* 1. A single ring of a chain: tinne, dula. 2. any thing doubled, and closed together: cuairteag, deala. 3. a chain, any thing connected: ceangal, ceanglachan. 4. a torch: leus, torr-leus.
LINK, *v. a.* et *n.* 1. Complicate, as the links of a chain: co-cheangail, tàth, figh 's a chéile. 2. unite, join in concord: co-dhlùthaich, aon, co-cheangail. 3. join, connect: ceangail, aonaich, co-cheangail. 4. join by confederacy, or contract: dean co-cheangal ri, cuir an bannaibh, cuir an co-chomunn. 5. connect, as concomitant: dlùthaich ceangail. 6. link *in*, be connected: bi am bannaibh, bi 'n dlùthachd.
LINKBOY, } LINKMAN, } *s.* Fear-torr-leus, gille-leus, gille-soluis.
LINNET, *s.* Bricean-beithe, gealan-lìn.
LINSEED, *s.* Ros-lìn, fras-lìn.
LINSEY, } LINSEY-WOOLSEY, } *s.* Drogaid.
LINSEY-WOOLSEY, *adj.* 1. Made of linen and wool mixed: drogaideach. 2. vile, mean, of different and unsuitable parts: neo-mhaiseach, mìothar, suarach.
LINSTOCK, *s.* Maide-teine, fadadh-cluaise.
LINT, *s.* 1. The soft substance commonly called flax: lìon. 2. linen scraped into soft woolly substance to lay upon sores: caiteas.
LINTEL, *s.* Àrd-dorus, fòr-dorus.
LION, *s.* Leòmhann.
LIONESS, *s.* Leòmhan boirionn, ban-leòmhan.
LIONLIKE, } LIONLY, } *adj.* Leòmhannach, leòmhanta.
LIP, *s.* 1. The outer part of the mouth: bile, lip. 2. the edge of any thing: oir, bile, fòir. 3. make *a lip:* cuir bus ort.
LIP-DEVOTION, *s.* Aoradh-beòil.
LIP-GOOD, *adj.* Beul-mhaith, beul-bhreagha.
LIP-LABOUR, *s.* Briathrachas, briathran gun seadh.
LIPOTHYMOUS, *adj.* Paiseanach, breisleachail, dol an neul.
LIPOTHYMY, *s.* Paisean, breisleach, neul.
LIPPED, *adj.* Bileach, busach, oireach.
LIPPITUDE, *s.* Prabaiche, bràch-shuileachd.
LIP-WISDOM, *s.* Beul-ghliocas, gliocas-beoil.
LIQUABLE, *adj.* So-leaghaidh.
LIQUATION, *s.* 1. Act of melting: leaghadh. 2. capacity to be melted: so-leaghachd.
LIQUATE, *v. n.* Leagh, fas tana.
LIQUEFACTION, *s.* Leaghadh.
LIQUEFIABLE, *adj.* So-leaghaidh.
LIQUEFY, *v. a.* et *n.* Leagh, fàs tana.
LIQUESCENCY, *s.* Leaghtachd, leaghantachd.
LIQUESCENT, *s.* Leaghtach, leaghanta.
LIQUEUR, *s.* Dràm cubhraidh.
LIQUID, *adj.* 1. Not solid, fluid: tana. 2. soft, clear: bog, tais, soilleir. 3. pronounced without any jar or harshness: mìn, so-labhraidh.
LIQUID, *s.* Dibh, uisge, deoch, ni tana sam bith, mar uisge.
LIQUIDATE, *v. a.* Glan air falbh, lughdaich fiachan.
LIQUIDATION, *s.* Glanadh air falbh, lughdachadh fhiachan.
LIQUIDITY, } LIQUIDNESS, } *s.* Tainead, tanad, leaghtachd, uisgealachd.
LIQUOR, *s.* Deoch, dibh, deoch làidir. See Liquid, *s.*
LIQUOR, *v. a.* Fliuch, bogaich, taisich.
LIQUORICE, *s.* See Licorice.
LISNE, *s.* Fàslach, còs, lag.
LISP, *v. a.* et *n.* 1. Utter with a lisp, express imperfectly, or with hesitation: dean liotaiche, labhair gu h-agail. 2. speak with too frequent appulses of the tongue to teeth or palate: bi liotach, bi manndach.
LISPER, *s.* Fear liotach, fear manndach.
LISPINGLY, *adv.* Gu liotach, gu manndach.
LISSOM, *adj.* See Limber.
LIST, *s.* 1. A roll, a catalogue: clàir-ainm, ainmchlàr. 2. enclosed ground in which tilts are run: ionad-còmhraig. 3. bound, limit: crìoch, iomall. 4. desire, willingness, choice: togradh, miann, toil. 5. a strip of cloth: stiall, stìom. 6. a border: oir.
LIST, *v. a.* et *n.* 1. Enrol, register: tog, cuir an àireamh, cuir a stigh t' ainm. 2. retain and enrol soldiers, enlist: gabh, cuir airgiod righ air, gabh mar shaighdear. 3. enclose for combats: cuairtich, dùin a stigh ionad còmhraig. 4. sew together:

fuaigh. 5. hearken to, listen, attend: éisd, thoir an aire do, dean far-chluais.

Listed, *adj.* Stiallach.

Listen, *v. n.* Éisd, thoir aire do, dean far-chluais.

Listener, *s.* Fear-éisdeachd, fear-far-chluais.

Listful, *adj.* Aircachail, faicilleach.

Listless, *adj.* 1. Without inclination, without any determination to one thing more than another: coma, coimheis, neo-umhailleach. 2. careless, heedless: neo-chùramach, gun aire, neo-mhothachail.

Listlessly, *adv.* See Listless.

Listlessness, *s.* Cion-umhaill, coimhiseachd, neo-mhothalachd, nao-aire, neo-chùram.

Lit, *pret.* of Light, *v.* Las, dh' fhadaidh, bheothaich, shoillsich. See Light, *v.*

Litany, *s.* An Liodan, fuirm-ùrnuigh, ùrnuigh, fhuirmeil.

Literal, *adj.* Litireil, litireach.

Literal, *s.* An litir, seadh na litreach.

Literality, *s.* Prìomh sheadh, seadh litireil.

Literally, *adv.* See Literal.

Literary, *adj.* Ionnsuichte, foghluimte, oileanaichte, grinn-fhoghluimte, a bhuineas do ghrinn-fhoghlum.

Literate, *adj.* Ionnsuichte, foghluimte.

Literati, *s.* Luchd-foghluim, aois-fhoghluim.

Literator, *s.* Oide-foghluim, maighstir-sgoile.

Literature, *s.* Oilean, foghlum, grinn-fhoghlum, feallsanachd.

Lithe, *adj.* See Limber.

Litheness, *s.* See Limberness.

Lither, *adj.* 1. Soft, pliant: maoth, tais, so-lùbaidh. 2. bad, sorry, corrupt: olc, suarach, truaillidh.

Lithography, *s.* Cloch-sgrìobhadh, cloch-ghrabhadh.

Lithomancy, *s.* Cloch-fhàisneachd.

Lithontriptick, *adj.* Cloch leaghtach, leaghtach air cloch-fhuail.

Lithotomist, *s.* Léigh fuail-chloich.

Lithotomy, *s.* Gearradh air son na cloich-fhuail.

Lithy, *adj.* Maoth, so-lùbaidh.

Litigant, *s.* Lagh-thagradair, tagairtear-lagha.

Litigant, *adj.* Lagh-thagairteach, agartach, tagluinneach.

Litigate, *v. a.* Dean lagh ri, dean cùis lagha, agair lagh air.

Litigation, *s.* Tagairt, tagradh, cùis-lagha, tagairt-lagha.

Litigious, *adj.* 1. Inclinable to law-suits, quarrelsome, wrangling: lagh-agartach, conasach. 2. disputable, controvertible: connspoideach, doirbh, deacair.

Litigiously, *adv.* See Litigious.

Litigiousness, *s.* Tagluinneachd, connspoideachd, buaireasachd, conasachd.

Litter, *s.* 1. A kind of vehiculary bed: crò-leabaidh, carbad-codail. 2. the straw laid under animals, or on plants: connlach, leabadh. 3. a brood of young: cuain. 4. any number of things thrown sluttishly about: treamsgal, ùtrais.

Litter, *v. a.* 1. Bring forth: beir, beir àl. 2. cover with things negligently, or sluttishly: ùtraisich, cuir 'n a ùtrais. 3. cover with straw: cuir connlach fuidh, cuir connlach air.

Little, *adj.* 1. Small in extent: beag, cumhang. 2. not great, of small bulk, diminutive: crìon, meanbh, beag. 3. of small dignity, power, or importance: neo-inbheach, beag, suarach, ìosal, bochd. 4. not much, not many: tearc, aineamh, gann. 5. some, not none: beagan, cuid.

Little, *s.* 1. A small space: beagan. 2. a small part, a small proportion: beagan, earran bheag. 3. a slight affair: rud beag, neo-ni.

Little, *adv.* See Little, *adj.*

Littleness, *s.* 1. Smallness of bulk: meanbhachd, bige, beagachd, crìonachd, crìonad, lughad. 2. want of dignity: mìotharachd, suarachas, neo-uaisleachd.

Littoral, *adj.* Cladachail, tràigheach, oirthireach.

Liturgy, *s.* Ùrnuigh choitchionn, deas-ghnath aoraidh.

Live, *v. n.* 1. Be in a state of animation: bi beò. 2. pass life in any certain manner with regard to habits: thig beò, caith do bheatha. 3. continue in life: mair, mair beò. 4. remain undestroyed: mair, seas, buanaich. 5. continue, be not lost: mair, bi làthair. 6. converse, cohabit with: còmhnuich le, bi an comunn ri. 7. feed *upon:* thig beò air. 8. maintain thyself, be supported: beathaich thu féin, bi air do bheathachadh. 9. be in a state of motion, or vegetation: bi beò. 10. be unextinguished: bi beò, mair beò.

Live, *adj.* 1. Quick, not dead: beò. 2. active, not extinguished: beothail, beathail. 3. vivid, spoken of colour: beothail, grinn.

Liveless, *adv.* See Lifeless.

Livelihood, *s.* 1. Support of life, maintenance: beathachadh, teachd-an-tìr, lòn. 2. living form, appearance of life: beatha, beathalachd.

Livelily, *adv.* See Lively.

Liveliness, *s.* 1. appearance of life: beatha, deò. 2. vivacity, sprightliness: beothalachd, sunndachd, cridhealachd.

Liveload, *s.* See Livelihood.

Livelong, *adj.* Fadalach, buan, sgìth.

Lively, *adj.* 1. Brisk, vigorous, vivacious: sunndach, beothail, cridheil. 2. gay, airy: meanmnach, aighearach, ait, mear. 3. representing life: beothail. 4. strong, energetic: làidir, tapaidh, fearail.

Livelily, } Lively, } *adv.* See Lively, *adj.*

Liver, *s.* Fear beò, neach beò, cré.

Liver, *s.* Atha, adha, grùan.

Liver-colour, *adj.* Dubh-ruadh, dubh-dhearg, dorch-dhearg.

Livered, *adj.* Athach, adhach, grùanach.

Livery, *s.* 1. Act of giving possession: seilbhthabhairt, no, seilbh-ghabhail. 2. release from wardship: saorsa, comas, cead, fuasgladh. 3. the writ by which possession is obtained: sgrìobhadh-seilbh, seilbh-sgrìobhadh, bann. 4. clothes given to servants: eudach sheirbhiseach, éideadh-suaich-

cantais. 5. a particular dress, a garb worn as a token or consequence of any thing: eudach-suaichcantais, culaidh-shuaicheantais.
Liveryman, *s.* 1. One wearing a livery, a servant of an inferior kind: gille suaicheantais. 2. (in London) a free man of a company: saoranach am baile Lunnuinn.
Lives, *s. pl.* of Life. Beathan, beathachan.
Livid, *adj.* Dubh-ghorm.
Lividity, } *s.* Dubh-ghuirme.
Lividness, }
Living, *part. adj.* Beò, beothail.
Living, *s.* 1. Support, maintenance: beathachadh, teachd-an tir, beòlaind, lòn. 2. power of continuing life: comas-beatha, tighinn beò, beatha. 3. See Livelihood. 4. benefice of a clergyman: beathachadh.
Livingly, *adv.* An staid bheò, an staid nam beò.
Lixivial, *adj.* Saillte, salannach, làn salainn.
Lixiviate, } *adj.* Saillteach, salannach.
Lixiviated, }
Lixivium, *s.* Uisge làn salainn.
Lizard, *s.* Dearc-luachaire, dearc-luachrach.
Lo, *interj.* Faic, feuch, seall, amhairc.
Load, *s.* 1. A burden, a freight, lading: luchd, lòd, eallach. 2. weight, pressure, incumbrance: éire, eallach, cudthrom. 3. weight, or violence of blows: cudthrom. 4. any thing that depresses: trom, truime, cudthrom, uallach. 5. as much drink as one can bear: sàr-dheoch, pòit.
Load, *v. a.* 1. Burden, freight: luchdaich, eallaich, lìon. 2. encumber, embarrass: cuimrigich, cuir fuidh éire. 3. charge a gun: cuir urchair a stigh, lìon. 4. make heavy by something appended to: cudthromaich, tromaich, amail.
Loader, *s.* Fear-luchdachaidh.
Loadsman, *s.* Fear-iùil, ceann-iùil.
Loadstar, *s.* See Polestar.
Loadstone, *s.* Clach-iùil.
Loaf, *s.* Builionn.
Loam, *s.* Fearann reamhar, trom-thalamh, talamh-laomaidh.
Loamy, *adj.* Laomaidh.
Loan, *s.* Iasad, iasachd, coingheall.
Loath, *adj.* Aindeonach, leasg, neo-ullamh.
Loathe, *v. a.* et *n.* 1. Hate, look on with abhorrence: fuathaich, sgreataich roimh, gabh daoch roimh. 2. consider with disgust or satiety: gabh gràin ri, dubh-fhuathaich. 3. feel abhorrence or disgust: tog aobhar ghràin.
Loather, *s.* Fear-gràin, fear sgreataidheachd.
Loathful, *adj.* 1. Abhorring, hating: fuathachail, gràineachail. 2. abhorred, hated: gràineil, fuathmhor, daochail, sgreataidh.
Loathing, *s.* Gràin, fuath, sgreat, daoch.
Loathingly, *adv.* Gu sgreataidh, gu sgreamhail, gu gràineil, gu daochail, gu déisdeineach.
Loathly, *adv.* Gràineil, sgreataidh, sgreamhail, daochail, déisdeineach.
Loathly, *adv.* See Loath.
Loathness, *s.* Aindeonachd, raige, aindeoin, easbhuidh toile.
Loathsome, *adj.* See Loathly, *adj.*
Loathsomely, *adv.* See Loathly, *adj.*
Loathsomeness, *s.* Gràinealachd, sgreamhalachd, sgreataidheachd, déisdeineachd.
Loaves, *s. pl.* of Loaf, which See.
Lob, *s.* 1. Any one heavy, clumsy, or sluggish: ludair, slaodair, liobasdair, bumcilear. 2. lob's pound, a prison: toll-bùth, gainntir. 3. big worm: biathainn.
Lob, *v. a.* Leag le luidseadh, leig le spleòic.
Lobby, *s.* Roimh-ionad, eadar-sheòmar, foir-sheòmar.
Lobe, *s.* Roinn, carrann, duilleag an sgamhain, taobh-chridhe.
Lobster, *s.* Giomach.
Local, *adj.* 1. Having the properties of place: ionadach. 2. relating to place: àiteil, ionadail. 3. being in a particular place: dùthchasach, dùthcha.
Locality, *s.* Ionadachd, àite, ionad, còmhnuidh.
Locally, *adv.* See Local.
Locate, *v. a.* Suidhich, thoir còmhnuidh do, càirich ann.
Location, *s.* Suidheachadh, toirt còmhnuidh do, càireadh ann.
Loch, *s.* Loch, linne.
Lock, *s.* 1. Of a door, &c.: glas. 2. the part of a gun by which the fire is struck: gleus. 3. a hug, a grapple: dlùth-ghreimeachadh, iom-dhruideadh. 4. a quantity of hair hanging together: bachlag, ciabh-fuilt, ròinne, dual, ciabhag. 3. a quantity of wool: ròinne, ròinneag, toinntean, badan: a tuft: badan.
Lock, *v. a.* et *n.* 1. Shut or fasten with locks: glais. 2. shut up, or confine as with locks: druid, dùin. 3. close fast: druid, cruaidh-dhruid, glais. 4. become fast by a lock: bi dùinte, bi glaiste, bi druidte. 5. unite by mutual insertion: bi dlùthaichte, bi air alpadh.
Locker, *s.* Àite-gleidhidh, àite glaiste, taisg-ionad, cisteag.
Locket, *s.* Seud-glasaidh, glas bheag, glasag-muineil.
Lockram, *s.* Garbh-anart, anart-asgairt.
Locksmith, *s.* Gobha-ghlasachan.
Locomotion, *s.* Gluasad, carachadh, siubhal.
Locomotive, *adj.* Gluasadach, carachail, siubhlachail.
Locomotivity, *s.* Comas-gluasaid, comas-siùbhail.
Locust, *s.* Locust.
Locution, *s.* Cainnt, bruidhean, labhairt.
Lodge, *v. a.* et *n.* 1. Place in a temporary habitation: cuir an ionad còmhnuidh, cuir an àite-tàimh, suidhich an àite. 2. afford a temporary dwelling, harbour one for a night: thoir aoidheach do, thoir cuid-oidhche do. 3. place, plant: suidhich, socruich, càirich. 4. fix, settle: daingnich. 5. place in the memory: gleidh an cuimhne. 6. harbour, or cover: thoir fasgadh do, dìon. 7. afford place to: thoir àite do. 8. lay flat: leag, leag ri làr. 9. reside, keep residence: tuinich, còmhnuich, gabh còmhnuidh ann, fan, tàmh ann. 10. take a temporary habitation: foisich, gabh tàimh, fuirich,

stad. 11. take up residence at night: fuirich, fan, tàmh. 12. lie flat: luidh, luidh air làr.

Lodge, *s.* Tighean, tigh beag, tigh-fasgaidh, tigh-geata.

Lodgement, *s.* 1. Disposition, or collocation in a certain place: cruinneachadh, càireadh. 2. accumulation, collection: cruinneachadh, dòmhlachadh. 3. possession of the enemy's work: seilbh, seilbh-ghlacadh, toirt a mach daingnich.

Lodger, *s.* Fear-fàrdoich, fear-tàimh, aoidh, fear-àrois.

Lodging, *s.* 1. Temporary habitation, rooms hired in another's house: ionad-còmhnuidh, fàrdoch. 2. place of residence: ionad-còmhnuidh, àite-tàimhe, còmhnuidh. 3. harbour, covert: dìon, fasgadh. 4. convenience to sleep on: uigheam-codail.

Loft, *s.* 1. A floor: urlair, urlair-déile, lobhta. 2. the highest floor: àrd-lobhta, lobhta-mullaich. 3. rooms on high: seòmraichean uachdarach.

Loftily, *adv.* See Lofty.

Loftiness, *s.* 1. Height, local elevation: àirde. 2. sublimity, elevation of sentiment: uailse, àrd-smuainteachd, allaileachd. 3. pride, haughtiness: mòr-chuis, mòr-chuiseachd, àrdan, féin-bheachd, uabhar.

Lofty, *adj.* 1. High, hovering, elevated in place: àrd. 2. elevated in condition, or character: mòr, uaibhreach, spéiseil, uasal. 3. sublime, elevated in sentiment: allail, òirdheirc. 4. proud, haughty: mòr-chuiseach, àrdanach, féin-bheachdail, uaibhreach.

Log, *s.* 1. A shapeless, bulky piece of wood: sgonn, òrd mòr fiodha, maide mòr. 2. a Hebrew measure: tomhas Eabhruidheach.

Loggerhead, *s.* Buimealear, ùmaidh, gurraiceach, amhlair, baothair. Fall to loggerheads: bi an caonnag, bi an cluasaibh a chéile.

Loggerheaded, *adj.* Buimeilearach, amhlaireach, baogharach.

Logic, *s.* Ealain-reusonachaidh, ealan-deasboireachd.

Logical, *adj.* Reusonach, dian-chiallach, fìor-thoinisgeil.

Logically, *adv.* See Logical.

Logician, *s.* Filidh, fear-dian-reusonachaidh.

Logman, *s.* Fear-giùlain fiodha.

Logomachy, *s.* Srìth-bhriathran, connspoid mu fhoclaibh.

Logwood, *s.* Fiodh-datha, dearg-fhiodh.

Loin, *s.* 1. The back of an animal carved out by the butcher: dronnag, dronnag-fheòla, mìr-dronnaig. 2. loins, the reins: leasraidh, blian.

Loiter, *v. a.* et *n.* 1. Consume in trifles, waste carelessly: mi-bhuilich, struidh. 2. linger, spend time carelessly, idle: dean màirneal, bi màirnealach, bi dìomhanach, bi ri steòcaireachd.

Loiterer, *s.* Fear màirneil, leisgean, lunndair, steòcaire, rong, slaodair.

Loll, *v. a.* et *n.* 1. Put out, used of the tongue: cuir a mach. 2. lean idly, rest lazily against any thing: leag do chudthrom air, dean leth-luidhe ri, leag do thaic air. 3. hang out, used of the tongue: croch a mach.

Londoner, *s.* Lunnuinneach.

Lone, *adj.* 1. Solitary, unfrequented, having no company: aonarach, aonaranach. 2. single, not conjoined or neighbouring to others: leis féin.

Loneliness, *s.* 1. Solitary: aonarachd, aonaranachd. 2. disposition to solitude: dìomhaireachd, uaigneachd.

Lonely, *adj.* 1. Solitary: aonarach, aonaranach. 2. addicted to solitude: dìomhair, uaigneach.

Loneliness, *s.* Aonarachd, aonaranachd, uaigneas.

Loneness, *s.* Aonaranachd, uaigneas.

Lonesome, *adj.* 1. Solitary: aonarach, aonaranach. 2. dismal: tiamhaidh.

Lonesomely, *adv.* See Lonesome.

Lonesomeness, *s.* Aonaranachd, tiamhaidheachd.

Long, *adj.* 1. Not short, used of time: fada, buan. 2. not short, used of space: fada, neo-ghearr. 3. of any certain measure in length: fada. 4. not soon ceasing, or at an end: buan, maireannach. 5. dilatory: fadalach, màirnealach. 6. tedious in narration: sgìth, sgìtheil, trom. 7. continued by succession to a great series: buan, fada. 9. longing, desirous: déigheil, togarrach.

Long, *adv.* Fada, gu fada. See Long, *adj.*

Long, *v. n.* Miannaich, bi miannach, biodh a' mhiann ort, gabh fadal.

Longanimity, *s.* Foighidinn, fad-fhoighidinn, fad-fhulangas.

Longboat, *s.* Bàta mor, bàta fada.

Longeval, } *adj.* Fad-shaoghalach, buan, maireannach.
Longevous, }

Longevity, *s.* Fad-shaoghal, fad-shaoghalachd.

Longimanous, *adj.* Fad-lamhach, làmh-fhadach.

Longimetry, *s.* Tomhas astair, tomhas fhad, uidheam-thomhas.

Longing, *s.* Miann, togradh, dian-thogradh, fadachd, geall, déidh.

Longingly, *adv.* Gu miannach, gu dian-thogarrach, gu déidheil.

Longinquity, *s.* Fad, astar fada, céineachd.

Longish, *adj.* Car fada, breac-fhada, leth-char fada.

Longitude, *s.* 1. Length, the greatest dimension: fad. 2. the circumference of the earth measured from any meridian: cuairt-cruinne. 3. the distance from any part of the earth, east or west of any place: iar-astar, no, ear-astar.

Longitudinal, *adj.* Air fhad.

Longlived, *adj.* Aosmhor, buan-shaoghalach, fad-shaoghalach.

Longly, *adv.* 1. Tediously, of much continuance: gu fadalach, gu trom, gu sgìtheil. 2. longingly, with great liking: gu déidheil, gu togarrach, gu miannach.

Longness, *s.* Fad, faide, faideachd.

Longsome, *adj.* Fadalach, sgìtheil, trom.

Longshanked, *adj.* Fad-chosach, fad-luirgneach.

Longspun, *adj.* Sìnteach, fada, sgìtheil.

Longsufferance, *s.* Fad-fhulangas, fad-fhoighidinn.

Longsuffering, *adj.* Fad-fhulangach, fad-fhoigidneach.

Longsuffering, *s.* Fad-fhulangas, fad-fhulangachd, fad-fhoighidinn.

Longtongued, *adj.* Fad-theangach, gobach, goileamach.

Longways, *adv.* Air 'fhad.

Longwinded, *adj.* 1. Long-breathed: fad-anaileach. 2. tedious: trom, fadalach, sgìtheil.

Longwise, *adv.* See Longways.

Lonish, *adj.* Car aonarach, breac-aonarach.

Loobily, *adj.* Cearbach, sgòdach, neo-sgairteil, luidseach.

Looby, *s.* Bumailear, blaghastair, buamasdar, liobasdair, burraidh.

Loof, *v. a.* Teann ri soirbheas, thoir a' dh' ionnsuidh na gaoithe, fan ri gaoth.

Look, *v. a.* et *n.* 1. Seek, search for: sir, iarr, rannsuich. 2. turn the eye upon: dearc, dearc air, seall air. 3. look *out*, discover by searching: rannsuich, faigh a mach. 4. direct the eye to or from any object: seall, amhairc, faic. 5. have power of seeing: faic. 6. direct the intellectual eye: dearc, seall, beachdaich. 7. expect: seall air son, bi an dùil ri. 8. take care, watch: feith, dean caithris, thoir aire, thoir an aire. 9. be directed with regard to any object: amhairc. 10. have any particular appearance, seem: amhairc, seall, taisbean. 11. have any air, mien, or manner: seall, bi coltach ri, amhairc. 12. look *about one*, be alarmed, be vigilant: bi air t' fhaicill, bi 'n ad rabhadh. 13. look *after*: seall ri. 14. look *black*, shew sign of dislike, or disgust: biodh mùig ort, biodh gruaim ort. 15. look *for*, expect: feith ri, bi an dùil, bi am beachd. 16. look *into*, sift, inspect closely: rannsuich, sir. 17. look *on*, or *upon*, respect, esteem, regard as good or bad: seall air, amhairc air, beachdaich air. 18. look *on*, be a mere idle spectator: dearc, amhairc. 19. look *over*, examine, try one by one: rannsuich, feuch, min-rannsuich. 20. look *out*, search, seek: sir, faigh rabhas air. 21. look *out*, be on the watch: bi air t' fhaicill, seall romhad. 22. look *to*, behold: dearc, dearc air.

Look, *interj.* Seall, faic, feuch.

Look, *s.* 1. Air of the face, mien, cast of the countenance: snuadh, dreach, aogas, sealladh, tuar, fiamh, neul. 2. act of looking or seeing: faicsinn, amharc. 3. view, look *out*: sealladh, fradharc.

Looker, *s.* Fear-amhairc, fear-sealltuinn.

Looking, *s.* i. e. Looking *for*: dùil.

Looking-glass, *s.* Sgàthan.

Loom, *s.* 1. The frame in which weavers work their cloth: beart, beart-fhigheadaireachd. 2. household stuff, furniture: àirneis, àirneis-tighe. 3. heir-loom: ball-sinnsireachd.

Loon, *s.* Balach, crochair, slaightear.

Loop, *s.* 1. A double through which a string or lease is drawn: lùb. 2. a small aperture in ancient castles, to spy the enemy, fire through, or admit light: sùil, eag-sùla, eag-amhairc.

Looped, *adj.* Tolltach, lùbach, sùileach.

Loophole, *s.* 1. Aperture, hole to give passage: toll, fosgladh. 2. a shift, an invasion: dorus, dorus-teichidh, car, cuilbheart, innleachd.

Loopholed, *adj.* Sùileach, tolltach, lùbach.

Loord, *s.* Luundair, leisgean.

Loose, *v. a.* et *n.* 1. Unbind, untie any thing fastened: fuasgail, sgaoil, lasaich. 2. relax: lasaich, fuasgail. 3. unbind any one bound: fuasgail, cuir mu sgaoil, leig fa sgaoil. 4. free from imprisonment: cuir fa sgaoil, thoir cead do, fuasgail. 5. free from any obligation: fuasgail o, cuir saor o. 6. free from any thing that shackles the mind: lasaich, thoir saorsa do, saor. 7. free from any thing painful: fuasgail. 8. disengage: fuasgail, lasaich, leig as. 9. set sail: seòl, fuasgail o chala, tog acair.

Loose, *adj.* 1. Unbound, untied: fuasgailte. 2. not fast, not fixed: las, lasach, fuasgailte. 3. not tight as a *loose robe*: farsuing. 4. not crowded, not close: neo-dhlùth, neo-dhòmhlaichte, tana, briste. 5. wanton, not chaste: macnusach, neo-gheamnaidh. 6. not close, not concise, lax: neo-dhiongmholta, fuasgailte. 7. vague, indeterminate, not accurate: neo-eagnaidh, neo-sheadhail, neo-phongail. 8. not strait, not rigid: fuasgailte, neo-aireach, neo-fhaicilleach. 9. unconnected, rambling: luaineach, siubhlach, neo-shuidhichte. 10. lax of body, not costive: fuasgailte, neo-theann. 11. disengaged, not enslaved: saor. 12. disengaged from obligation: saor, fuasgailte. 13. free from confinement: saor, fa sgaoil. 14. remiss, not attentive: neo-aireachail, neo-shuimeil. 15. *break* loose: bris a mach, bris air falbh, bris fuasgailte. 16. let *loose*, set at liberty: fuasgail, cuir fa sgaoil, thoir saorsa do.

Loose, *s.* 1. Liberty, freedom from restraint: saorsa, comas. 2. dismission from any restraining force: fuasgladh, cead, comas, saorsa.

Loosely, *adv.* See Loose, *adj.*

Loosen, *v. a.* et *n.* 1. Relax any thing tied: fuasgail, lasaich. 2. make less coherent: lasaich. 3. separate a compages: thoir as a chéile. 4. free from restraint: fuasgail, cuir saor o. 5. make not costive: fuasgail. 6. part, tend to separation: bi sgaoilteach, bi fuasgailte.

Looseness, *s.* 1. State contrary to that of being fast or fixed: fuasgailteachd, neo-dhaingneachd. 2. latitude, criminal levity: mi-stuaim, mi-gheamnuidheachd, macnus. 3. irregularity, neglect of laws: mi-riaghailteachd, buaireasachd. 4. diarrhœa, flux of the belly: fuasgladh-cuirp, gèarrach, buinneach.

Loosestrife, *s.* Lus-na-sìothaimh.

Lop, *v. a.* 1. Cut the branches of trees: geàrr, beàrr, sgud. 2. cut any thing: geàrr, beàrr, sgath.

Lop, *s.* 1. That which is cut from trees: barrach. 2. a flea: deargann.

Lopper, *s.* Bearradair, gearradair, fear-sgathaidh chrann.

Loppered, *adj.* Slamblanach, lapach.

Loppings, *s.* Barrach.

Loquacious, *adj.* Bruidhneach, labhairteach, cainnteach, teangach, beul-fhuasgailte, gobach.

Loquaciousness, } *s.* Bruidhneachd, bruidhneachas,
Loquacity, } labhairteachd, cainnteachd, gobaireachd.

Lord, *s.* 1. Monarch, ruler, governor : tighearn, uachdaran, triath, righ, riaghlair. 2. master, supreme person : tighearn, maighstir. 3. a tyrant, an oppressive ruler : aintighearn, fear-ainneirt. 4. a husband : fear, fear-pòsda, céile. 5. one at the head of any business, an overseer : uachdaran, fear-riaghlaidh, feur-dreuchd. 6. a nobleman : mòr-fhear, morair, flath, triath. 7. a general name for a peer : morair.

Lord, *v. a.* et *n.* 1. Invest with the dignity and privileges of a lord : uaislich, dean morair dheth. 2. domineer, rule despotically : bi aintighearnail, bi stràiceil, dean cruaidh riaghladh, sàruich.

Lordlike, *adj.* 1. Befitting a lord : flathail, morarail, uasal. 2. haughty, proud, insolent : àrdanach, stràiceil, mòr-chuiseach, uaibhreach.

Lordling, *s.* Tighearna beag, sgrog-thighearn.

Lordliness, *s.* 1. Dignity, high station : flathaileachd, mòrachd, urram, àrd-inbhe. 2. pride, haughtiness : uabhar, stràic, stràicealachd, mòrchuis.

Lordly, *adj.* See Lordlike.

Lordly, *adv.* See Lordlike.

Lordship, *s.* 1. Dominion, power : tighearnas, uachdranachd, moraireachd. 2. title of honour used to a nobleman : moraireachd.

Lore, *s.* 1. Lesson, doctrine, instruction : foghlum, oilean, teagasg. 2. workmanship : obair.

Loricate, *v. a.* Còmhdaich le miotailt, cuir lùireach air, armaich, no, beartaich le lùireach.

Lorimer, } *s.* Dialladair, fear-dèanaimh dhiallaid,
Loriner, } no shrian, fear-dèanaimh each-bheart.

Lorn, *adj.* Tréigte, caillte, dìobrach, aonaranach.

Lose, *v. a.* et *n.* 1. Forfeit by unsuccessful contest : caill. 2. forfeit as a penalty : caill. 3. be deprived of : caill. 4. suffer diminution of : caill. 5. miss so as not to find : caill, rach mearachd air. 6. ruin, send to perdition : dìthich, di-mhill. 7. deprive of : thoir o, thoir air falbh o. 8. bewilder, so as that the way is no longer known : cuir mearachd, cuir air seacharan. 9. employ not, enjoy not : caill. 10. squander, throw away : struidh, mi-bhuilich, mill. 11. suffer to vanish from view : caill, leig á fradharc. 12. destroy by shipwreck : bris, dean long-bhriseadh air. 13. miss, part with, so as not to recover : caill. 14. win not : caill. 15. decline, fail : fàiling, bi air do chlaoidh.

Loseable, *adj.* So-chaillte, so-dhealachaidh.

Loser, *s.* Fear-calldaich, am fear a chaill.

Losing, *s.* Call, calldach.

Loss, *s.* 1. Detriment, privation, diminution of good : call, calldachd. 2. miss, privation : dìth, uireasbhuidh. 3. deprivation, forfeiture : call. 4. destruction : milleadh, sgrios, dìtheachadh. 5. fault, puzzle, *at a loss :* iom-chomhairle, teagamh. I am at a loss : tha mi an iom-chomhairle. 6. useless application : call saothrach.

Lossful, *adj.* Caillteach, dìtheachail, millteach.

Lossless, *adj.* Gun chall, gun mhilleadh.

Lot, *s.* 1. Fortune, state assigned : car, suidheachadh, crannchur. 2. a die, or any thing used in determining chances : crann. 3. a portion, a parcel of goods : cuibhrionn, roinn, earrann. It was his *lot*, or his fate : bha e an dàn da.

Lot, *v. a.* 1. Assign, set apart : roinn, suidhich 'n a earrannaibh. 2. distribute into lots, catalogue : cuir an òrdugh, réitich, cuir 'n a roinnibh.

Lotion, *s.* Cungaidh-ionnlaid, cungaidh-nighe.

Lottery, *s.* Crannchur, cur-chrannchur, tuiteamas.

Lovage, *s.* Lus-an-liagaire.

Loud, *adj.* 1. Noisy, striking the ear with great force : labhar, tartarach, àrd-fhuaimneach. 2. clamorous, turbulent : buaireasach, bruidhneach, àrd-bhruidhneach, farumach.

Loud, } *adv.* See Loud, *adj.*
Loudly, }

Loudness, *s.* 1. Noise, force of sound : labhrachd, fuaimneachd. 2. turbulence, vehemence of clamour : buaireasachd, buaireas, tartar, toirm, farum.

Love, *v. a.* et *n.* 1. Regard with passionate affection : gràdhaich, thoir gaol do, thoir gràdh do. 2. regard with the affection of a friend : gràdhaich. 3. regard with parental tenderness : gràdhaich. 4. be pleased with, delight in : gabh tlachd ann. 5. delight, take pleasure : biodh e ait le. My people love to have it so : *is ait le* m' shluaghsa e bhi mar sin.

Love, *s.* 1. Passion between the sexes : gaol, gràdh, déidh. 2. kindness, good-will, friendship : dàimh, càirdeas, deagh-rùn. 3. courtship : gaol, suiridh. 4. tenderness, parental care : gràdh, gaol. 5. object beloved : gaol, gràdh, rùn, aongaoil. 6. liking, inclination to : déidh, iarrtas, miann, miann air. 7. lewdness : neo-gheamnuidheachd, neo-ghloine. 8. unreasonable liking : rodhéidh, ro-thogradh, ana-miann. 9. fondness, concord : réite, aontachd, caoimhneas. 10. a word of endearment : gràidhean, gràidheag, mo ghràdh, mo ghaol. 11. due reverence to God : gràdh, àrd-urram.

Loveable, *adj.* Ion-ghràidh, ion-gràdhaichte.

Lovefavour, *s.* Cuimhneachan-gràidh, cuimhneachan-gaoil.

Loveknot, *s.* Snaidhm-gaoil, bad-leannanachd.

Lovelass, *s.* Leannan.

Loveless, *adj.* 1. Without love, void of the passion between the sexes : gun ghràdh, neo-ghràdhach. 2. without endearment, without tenderness : neo-ghràdhach, neo-dhìleas, neo-chaoimhneil. 3. void of kindness : neo-sheirceil, neo-thlusail.

Loveletter, *s.* Litir-ghaoil, litir-leannanachd.

Lovelily, *adv.* See Lovely.

Loveliness, *s.* Gràdhalachd, àillteachd, ionmhuinneachd.

Lovelorn, *adj.* Tréigte, cùlaichte.

Lovely, *adj.* Gràdhail, àillidh, ionmhuinn, maiseil, maiseach.

Lovely, *adv.* See Lovely, *adj.*

Lovemonger, *s.* Fear-leannanachd, gille-suiridh.

Lover, *s.* 1. One who is in love : fear-gaoil, fearan gaol, neach an gaol, leannan. 2. a friend, one

who regards with kindness: caraid, caomhach. 3. one who likes any thing: fear-tograidh, fear-déigheil air.
Lovesecret, *s.* Rùn, rùn-leannanachd, dìomhaireachd-gaoil.
Lovesick, *adj.* Tinn le gaol, an gaol, an tinneasgaoil.
Lovesong, *s.* Òran-gaoil.
Lovesuit, *s.* Suiridh.
Lovetale, *s.* Sgeula-gaoil, sgeula-leannanachd.
Lovethought, *s.* Smuain-gaoil.
Lovetoy, *s.* Comharradh-gaoil, tìodhlaic-leannanachd.
Lovetrick, *s.* Ealainn-ghaoil, innleachd-ghaoil.
Lough, *s.* See Loch.
Loving, *adj.* 1. Kind, affectionate: gràdhach, caoimhneil, caomh, dàimheil, seirceil. 2. expressing kindness: gràdhach, gràdh-bhriathrach.
Loving-kindness, *s.* Caoimhneas gràidh, iochd.
Lovingly, *adv.* See Loving.
Lovingness, *s.* Caomhalachd, gràdhalachd, caoimhneas, dàimh.
Lounge, *v. n.* Bi dìomhanach, bi dìomhain, bi lunndach.
Lounger, *s.* Lunndair, fear-dìomhain, dìomhainiche.
Lour, *v. n.* See Lower, *v. n.*
Louse, *s.* Miol, mial.
Louse, *v. a.* Faisg, mialaich, sealg miallan.
Lousewort, *s.* An lus riabhach.
Lousily, *adv.* See Lousy.
Lousiness, *s.* Mialachas, mosaiche, mìotharachd.
Lousy, *adj.* 1. Swarming with lice, overrun with lice: miallach, làn mhial. 2. mean, low-born, bred on the dunghill: ìosal, tàireil, suarach. 3. mean, contemptible, applied to things: mosach, mìothar.
Lout, *s.* Ludair, burraidh, tuaisdear, sgonn balaich.
Lout, *v. n.* Crom sìos, crom gu làr.
Loutish, *adj.* Ludaireach, tuaisdeach, ludarra, balachail.
Loutishly, *adv.* See Loutish.
Lourer, *s.* Luidheir, fàrlus.
Low, *adj.* 1. Not high: ìosal. 2. not rising far upwards: ìosal. 3. not elevated in place, or local situation: ìosal. 4. descending far downwards, deep: domhain. 5. not deep, not swelling high, shallow, used of water: eu-domhain. 6. not of high price: saor. 7. not loud, not noisy: neo-fhuaimneach, neo-labhar. 8. not rising to so great a sum: beag. 9. late, or later in time: deireannach. 10. dejected, depressed: muladach, trom-inntinneach, trom, tuirseach. 11. impotent, subdued: ceannsaichte, claoidhte. 12. not elevated in rank, or station, abject: neo-inbheach, suarach, ìosal. 13. dishonourable, betokening meanness of mind: mosach, mìothar. 14. not sublime, not exalted in thought or diction: ìosal, neo-allail, bochd. 15. submissive, humble, reverent: strìochdail, ùmhal, fuidh smachd. 16. not tall: beag, crion, goirid.
Low, *adv.* See Low, *adj.*
Low, *v. a.* See Lower, *v. a.*
Low, *v. n.* Geum, dean géim, dean géimnich, dean langanaich.
Low, *s.* Lasar.
Lower, *v. a.* et *n.* 1. Bring low, bring down by way of submission: ìslich, thoir sìos, ceannsaich. 2. suffer to sink down: leig le, leig sìolaidh sìos le. 3. lessen, make less in price or value: lughdaich luach, leag luach, dean saor. 4. grow less, fall, sink: tuit, tuit sìos, sìolaidh sìos.
Lower, *v. n.* 1. Appear dark, stormy, and gloomy, be clouded: bi duaichnidh, bi neulach, dorchaich. 2. frown, pout, look sullen: bi gruamach, cuir mùig ort, bi duaichnidh.
Lower, *s.* 1. Cloudiness, gloominess: duaichnidheachd, doilleireachd, dubh-dhuibhre. 2. cloudiness of look: gruaim, mùig.
Loweringly, *adv.* Gu duaichnidh, gu doilleir, gu dubh-neulach.
Lowermost, *adj.* Iochdarach, a 's iochdaraiche, a 's ìsle, a 's doimhne, a 's faide fuidhe.
Lowing, *s.* Géimnich, geum, langan, langanaich.
Lowland, *s.* Fonn còmhnard, machair.
Lowland, *adj.* (as understood in Scotland in opposition to Highland): gallda, machaireach.
Lowlily, *adv.* See Lowly, *adj.*
Lowliness, *s.* 1. Humility, freedom from pride: irioslachd, macantas, suairceas, stuamachd. 2. meanness, want of dignity: mìotharachd, tàirealachd, mosaiche.
Lowly, *adj.* 1. Humble, meek, mild: iriosal, macanta, stuama, suairc, ciùin, soitheamh. 2. mean, wanting dignity, not great: an-uasal, neo-uasal, mìothar, suarach. 3. not lofty, not sublime: neo-allail, ìosal. 4. not elevated in local situation: ìosal, neo-àrd.
Lowly, *adv.* See Lowly, *adj.*
Lown, *s.* Balach, burraidh, gurraiceach.
Lowness, *s.* 1. Contrariety to height: ìsleachd. 2. meanness of character or condition: suarachas, mìotharachd, neo-uaisle. 3. want of rank, want of dignity: neo-inbheachd. 4. want of sublimity: neo-allaileachd. 5. submissiveness: ùmhlachd, strìochdalachd. 6. depression, dejection: trom-inntinn, mulad, tuirse.
Lowspirited, *adj.* Mìothar, mosach, an-uasal, tàireil.
Lowthoughted, *adj.* Tàir-aigneach, neo-uasal, tàireil.
Loyal, *adj.* 1. Obedient, true to the prince: ùmhail, rìoghail, dìleas. 2. faithful in love, true to a lady, or lover: dìleas, tairis, treibhdhireach, fìrinneach.
Loyalist, *s.* Fear dìleas, fear dìleas do 'n righ.
Loyally, *adv.* See Loyal.
Loyalty, *s.* Dìlseachd, treibhdhireas, fìrinneachd, tairiseachd. See Loyal.
Lubbard, **Lubber**, *s.* Rag-bhallach, steòcair, slaodair, gurraiceach, boganach.

Lubberly, *adj.* Slaodach, bog, gealtach, rag, dìomhanach.
Lubberly, *adv.* See Lubberly, *adj.*
Lubricate, } *v. a.* Dean sliom, lìomh, dean
Lubricitate, } sleamhuinn, fàg sleamhuinn.
Lubricity, *s.* 1. Slipperiness, smoothness of surface: sleamhnachd, sliomachd. 2. wantonness, lewdness: macnus, macnusachd.
Lubrick, *adj.* 1. Slippery, smooth on the surface: sleamhainn, lìomhaidh. 2. wanton, lewd: macnusach, neo-gheamnuidh.
Lubricous, *adj.* 1. Slippery, smooth: sleamhainn. 2. uncertain: teagamhach, neo-chinnteach.
Lubrification, } *s.* Sleamhnachadh, deanamh
Lubrifaction, } sleamhainn, no, réidh, no, mìn.
Luce, *s.* Geadas, gead-iasg.
Lucent, *s.* Lìomhaidh, dèarsach, dealrach, loinnireach.
Lucerne, *s.* Seòrsa feòir, lusairneach.
Lucid, *adj.* 1. Shining, bright, glittering: loinnireach, dèarsach, dealrach. 2. pellucid, transparent: soilleir, glain, trid-shoilleir. 3. bright with the radiance of intellect, not darkened by madness: glan-thuigseach, céillidh, stòlda.
Lucidity, *s.* Loinnireachd, dèarsachd, dealrachd, trid-shoilleireachd, glan-thuigseachd. See Lucid.
Lucidness, *s.* Trid-shoilleireachd, gloine.
Luciferian, *s.* Deamhnaidh, diabhlaidh.
Luciferous, *adj.* Soillseach, solusach, soilleir.
Luciferously, *adv.* See Luciferous.
Lucific, *adj.* Solus-thabhairteach.
Luciform, *adj.* Soillseach, solusach.
Luck, *s.* 1. Chance, accident, fortune, hap, casual event: tuiteamas, tachartas, dàn, tapadh, càs. 2. fortune, good or bad: dàn, crannchur. 3. *good* luck: sealbh, rath, sonas. 4. *bad* luck: donas, anrath, mi-shealbh, mi-shonas.
Luckily, *adv.* See Lucky.
Luckiness, *s.* Sealbhachd, sealbhachas, deadhshealbh, rath, soirbheas.
Luckless, *adv.* Mi-shealbhach, mi-shona, ànrathach, ànrach.
Lucky, *adj.* Sealbhach, rathail, soirbheasach.
Lucrative, *adj.* Buannachdail, buinnigeach, tarbhach.
Lucre, *s.* Buannachd. In an ill sense: buannachd shalach.
Lucriferous, } *adj.* Buannachdail, buinnigeach.
Lucrific, }
Luctation, *s.* Strì, spàirn, iomairt, deuchainn, gleachd.
Lucubrate, *v. n.* Dean faire, cum faire, oibrich 's an oidhche, no, ri solus.
Lucubration, *s.* Saothar oidhche, saothar-soluis.
Lucubratory, *adj.* Saothraichte 's an oidhche, oidhch-dhèanta.
Luculent, *adj.* Glan, soilleir, soillseach, trid-shoilleir, cinnteach.
Ludicrous, *adj.* Àbhachdas, àmhailteach, abhcaideach, neònach, sùgach.
Ludicrously, *adv.* See Ludicrous.
Ludicrousness, *s.* Àbhachdas, àmhailteachd, abhcaideachd, neònachas.
Ludification, *s.* Magadh, fanoid, spòrs.
Ludifactory, *adj.* Magail, fanoideach, spòrsail, baoth.
Luff, *s.* Dèarn, dèarnaidh, bois, bas.
Luff, *v. n.* Cum ri's a' ghaoith, teann ri soirbheas.
Lug, *v. a.* et *n.* 1. Hale, or drag, pull with rugged violence: slaod, spìon leat. 2. pull, or shake by the ears: tarruing air chluasaibh.
Lug, *s.* 1. A small kind of fish: biathainn-tràghad. 2. the ear: cluas. 3. a land measure. See Pole, and Perch, *s.*
Luggage, *s.* Àirneis, goireas-turuis, treallaich.
Lugubrious, *adj.* See Mournful.
Lukewarm, *adj.* 1. Moderately, or mildly warm: meadh-bhlàth. 2. indifferent, not ardent, or zealous: neo-thoirteil, coimhis, caoin-shuarach, neodhealasach, neo-eudmhor.
Lukewarmly, *adv.* See Lukewarm.
Lukewarmness, *s.* 1. Moderate, or pleasing heat: meadh-bhlàthas. 2. indifferency, want of ardour: coimhiseachd, neo-thoirtealachd, neo-dhealasachd.
Lull, *v. a.* 1. Compose to sleep by a pleasing sound, draw to sleep: cuir 'n a chodal, cuir gu tàmh, cuir sàmhach. 2. compose, quiet, put to rest: cuir gu tàmh, cuir gu fois.
Lullaby, *s.* Òran-codail, fonn-codail, crònan, luidhleabaidh, luaidh-leabaidh.
Lumbago, *s.* Leum-droma. He is ill of a lumbago: leum a dhruim air.
Lumbal, } *adj.* Leasraidheach.
Lumbar, }
Lumber, *s.* Treallaich, treallaich-àirneis, sean àirneis.
Lumber, *v. a.* et *n.* 1. Heap like useless goods: dòmhlaich, cuir 'n a ùtrais. 2. move heavily, as burdened with his own bulk: luidrich, gluais trom.
Luminary, *s.* 1. Any body that gives light: solus. 2. any thing which gives intelligence: sanas, fear-sanais, fear-naidheachd. 3. any one that instructs mankind: fear-eòlais, fear-soillseachaidh.
Luminate, *v. a.* See Illuminate.
Lumination, *s.* See Illumination.
Luminous, *adj.* 1. Shining, emitting light: soillseach, dealrach. 2. enlightened: soilleir, glan. 3. shining, bright: dèarsach, boillsgeach.
Luminously, *adv.* See Luminous.
Luminousness, *s.* Soillseachd, dealrachd, soilleireachd, boillsgeachd.
Lump, *s.* 1. A small mass of any matter: meall. 2. a shapeless mass: sgonn, meall gun chumadh. 3. the whole together, the gross: am meall, an t-iomlan.
Lump, *v. a.* Gabh còmh-luath, gabh 's an iomlan, dean meall dheth.
Lumpish, *adj.* Trom, leasg, marbhanta, tomadach.
Lumpishly, *adv.* See Lumpish.
Lumpishness, *s.* Truime, leisg, marbhantachd, tomadachd.
Lumpy, *adv.* Meallach, meallanach, cnapach, cnapanach.
Lunacy, *s.* Cuthach, boile, mearan-céille, bàinidh.

Lunar, *adj.* Gealachail.
Lunated, *adj.* Leth-chruinn, air chumadh leth-gealaich.
Lunatic, *adj.* Air a' chuthach, mearanach, air boile, as a chiall, baoth.
Lunatic, *s.* Fear-cuthaich, fear-mearain, neach thar a chiall.
Lunation, *s.* Cuairt na gealaich.
Luncheon, *s.* 1. As much food as one's hand can hold: làn-dùirn de 'n bhiadh, greim-bìdh. 2. a kind of meal between breakfast and dinner: biadh meadhoin-là, greim-neòin.
Lune, *s.* 1. Any thing in shape of a half-moon: ni leth-chruinn, air chumadh na leth-ghealaich. 2. a fit of lunacy, or frenzy: leum-cuthaich, leum-boile. 3. a leash: iall.
Lunette, *s.* Leth-ghealach, solus ùr, gealach bheag.
Lunged, *adj.* Sgamhanach.
Lungs, *s.* Sgamhan.
Lungwort, *s.* Crotal-coille.
Lunt, *s.* Inneal-lasaidh gunna mòir, fadadh-cluaise.
Lurch, *s.* Teinn, teinne, teanntachd, drip, iom-cheist.
Lurch, *v. a.* et *n.* 1. Devour, swallow greedily: sluig suas, dean ròichd air. 2. defeat, disappoint: ruaig, cuir gu teicheadh, thoir an car á. 3. steal privily, filsh, pilfer: goid, dean frith-ghoid, siolc. 4. shift, play tricks: dean ceilg, bi cuilbheartach. 5. lie in wait. See Lurk, *v.*
Lurcher. *s.* 1. One that watches to steal, or betray, or entrap: fear foill-fholach, fear-foille. 2. a dog that watches for his game: cù-seilg,
Lurdan, *s.* Crochair, slaightear, fear mosach, lunndair.
Lure, *s.* Culaidh-bhuairidh, mealladh, buaireadh.
Lure, *v. a.* Buair, tàlaidh, meall, tarruing gu lìon.
Lurid, *adj.* Tiamhaidh, duaichnidh, gruamach.
Lurk, *v. n.* Dean feall-fholach, luidh am plaid, crùb, dean èalaidh.
Lurker, *s.* Fear-foille, fear-luidhe am plaid.
Lurking-place, *s.* Àite-foluich, ionad-foille.
Luscious, *adj.* Sòghmhor, ro-bhlasda, ro-mhilis, ro-thaitneach.
Lusciously, *adv.* See Luscious.
Lusciousness, *s.* Sòghmhorachd, ro-bhlasdachd, ro-mhilseachd.
Lush, *adj.* 1. Of a dark, deep, full colour: trom-dhathach. 2. conjectured by Mr. Todd to have been originally applied to plants, and to signify their juicy, full, succulent, and rank state: lusach, làn.
Lusk, *adj.* Leasg, dìomhain, trom, neo-shunndach.
Lusk, *s.* Leisgean, fear dìomhain.
Luskish, *adj.* Leasgach, dìomhaineach, neo-shunndach.
Luskisnness, *s.* Leasgachd, leisgeachd, neo-shunnd.
Lusorious, *adj.* Cluicheil, beadarrach, spòrsail.
Lusory, *adj.* See Lusorious.
Lust, *s.* 1. Desire, inclination, will: miann, togradh, déidh. 2. carnal desire: miann feòlmhor, miann collaidh, ana-miann. 3. any violent, or irregular desire: ann-togradh, ana-miann.
Lust, *v. n.* 1. Desire carnally: miannaich, ana-miannaich. 2. desire vehemently: dian-thogair, bi an ro-thogradh, bi ana-miannach. 3. have irregular dispositions: bi ana-miannach.
Lustful, *adj.* Ana-miannach, collaidh, ann-tograch.
Lustfully, *adv.* See Lustful.
Lustfulness, *s.* Ana-miannachd.
Lustihead, } *s.* Meanmnachd, neart, spionnadh,
Lustihood, } sgairt.
Lustily, *adv.* See Lusty.
Lustiness, *s.* Meanmnachd, sultmhorachd, dòmhaileachd, spionnadh.
Lustless, *adj.* Lag, neo-mheanmnach, neo-bheothail, marbhanta.
Lustral, *adj.* Ionnladach, a ghlanas.
Lustrate, *v. a.* Glan, ionnlaid.
Lustration, *s.* Ionnlad, glanadh, glanadh le uisge.
Lustre, *s.* 1. Brightness, splendour, glitter: dealradh, dèarsadh, lannair, soillse, loinnreachd. 2. eminence, renown: cliù, mòr-chliù, ainmealachd, cliùiteachd. 3. the space of five years: ùine chùig bliadhna.
Lustring, *s.* Sìoda boillsgeil.
Lustrum, *s.* Ùine chùig bliadhna.
Lusty, *adj.* Làidir, calma, neartmhor, sultmhor, foghainteach, garbh.
Lute, *s.* 1. A stringed instrument of music: inneal-ciùil àraidh, cruit. 2. a certain composition of clay, with which chemists close their vessels: crèadh-thaois, crèadh-ghlaodh.
Lute, *v. a.* Cuir crèadh-ghlaodh air.
Luter, } *s.* Fear-cruite.
Lutist, }
Lutestring, *s.* See Lustring.
Lutulent, *adj.* Làibeach, clàbarach, treamsgalach.
Lux, } *v. a.* Cuir á alt, sguch.
Luxate, }
Luxation, *s.* Cur á alt, sguchadh.
Luxe, *s.* See Luxury.
Luxuriance, } *s.* Mòr-chinneachadh, ro-phailteas,
Luxuriancy, } reamhrachd.
Luxuriant, *adj.* Ro-phailt, fàsmhor, tarbhach. A luxuriant crop: bàrr trom.
Luxuriantly, *adv.* See Luxuriant.
Luxuriate, *v. n.* Fàs pailt, cinnich gu trom, no, gu h-anabarrach.
Luxurious, *adj.* 1. Delighting in the pleasures of the table: sòghail, geòcach. 2. administering to luxury: sòghach, geòcaireach. 3. lustful, libidinous: ana-miannach, ann-tograch. 4. voluptuous, enslaved to pleasure: sòghail. 5. See Luxuriant.
Luxuriously, *adv.* See Luxurious.
Luxuriousness, *s.* Sòghalachd, geòcaireachd, geòcaiche. See Luxurious.
Luxury, *s.* 1. Voluptuousness, addictedness to pleasure: sòghalachd. 2. lust, lewdness: ana-miann, neo-ghloine. 3. See Luxuriance. 4. delicious fare: sògh, anabarr.
Lyam, *s.* Làimh-iall, iall coin-seilge.
Lycanthropy, *s.* Cuthach ainmhidheach.
Lye, *v. n.* See Lie, *v. n.*
Lying, *s.* Deanamh bhreug, breugaireachd.
Lying, *s.* Luidhe, sìneadh.
Lyingly, *adv.* Gu breugach.

Lym, *s.* See Limehound.
Lymph, *s.* Uisge, sùgh glan.
Lymphated, *adj.* Air a' chuthach, air boile, mearanach.
Lymphatic, *adj.* 1. Uisgeach, uisgeil. 2. See Lunatic.
Lyre, *s.* Inneal-ciùil, clàrsach, cruit.
Lyric, Lyrical, } *adj.* A shinnear ri clàrsach, fonnmhor, binn, ceòlmhor.
Lyric, *s.* Bàrd-cruite, cruit-fhilidh.
Lyrist, *s.* Clàrsair, fear-cruite.

M, Comharradh air son mìle, 1000.
Macaroni, *s.* 1. A kind of paste meat: biadh eanaraich. 2. a sort of droll, or fool: baoghalan, amadan. 3. a fop: lasgair, fear spaideil.
Macaronick, *s.* Ùtrais, treamsgal.
Macaroon, *s.* Balach, burraidh.
Mace, *s.* 1. An ensign of authority: suaicheantas-inbhe, suaicheantas-dreuchd. 2. a heavy blunt weapon, a club of metal: cuaille, bata maol, iarunn. 3. a kind of spice: seòrsa spìosraidh.
Mace ale, *s.* Leann-spìosraichte.
Macebearer, *s.* Fear-suaicheantais, gille-suaicheantais.
Macerate, *v. a.* 1. Make lean, wear away: cnàmh, claoidh, caith air falbh. 2. mortify, harass with corporal hardships: sàruich, claoidh, pian, bruth. 3. steep almost to solution: bogaich, taisich an uisge.
Maceration, *s.* 1. Act of wasting, or making lean: cnàmh, claoidheadh, caitheadh air falbh. 2. mortification, corporal hardship: sàruchadh, claoidheadh, bruthadh. 3. infusion, either with or without heat: bogachadh, bogadh, taiseachadh.
Machinal, *adj.* Innealach, innleachdach.
Machinate, *v. n.* Dealbh, tionnsgail, dean-innleachd.
Machination, *s.* Dealbhadh, innleachd, tionnsgaladh, car, droch-innleachd.
Machinator, *s.* Fear-dealbhaidh, fear-innleachd, fear droch innleachd.
Machine, *s.* 1. Any complicated work in which any part contributes to the motion of another: obair innealta, beairt-innleachd, inneal, àirneis ghleusda. 2. an engine: inneal. 3. a name for a stage coach: carbad-rathaid.
Machinery, *s.* Obair ealanta, obair innleachdach, obair ghluasadach.
Machinist, *s.* Fear-ceirde, fear-innleachdan.
Macilency, *s.* Caoile.
Macilent, *adj.* Caol, tana, bochd.
Mackarel, *s.* Ronnach, reannach. Mackarel gale: sgairt-shoirbheas. Mackarel sky: breac a' mhuiltein.
Macrology, *s.* Fad-sheanachas, bith-bhriathrachd.
Macrocosm, *s.* An cruinne-cé, a' chruitheachd, an domhain.
Mactation, *s.* Ìobradh, casgairt, casgradh.
Macula, *s.* Ball, smùirnean, briseadh-croicinn.
Maculate, *v. a.* Ballaich, cuir ball air, salaich.
Maculate, *adj.* Ballach, salaichte.
Maculation, *s.* Ballachadh, salachadh.
Macule, *s.* See Macula.
Mad, *adj.* 1. Disordered in the mind, distracted: mearanach, thair céille, air a' chuthach, air boil. 2. expressing disorder of mind: gòrach, neo-shuidhichte. 3. overrun with any unreasonable or violent desire: air boile, lasanta. 4. enraged, furious: feargach, garg.
Mad, *v. a.* et *n.* 1. Make mad: cuir air boile, cuir air a' chuthach. 2. be mad, be furious: bi air boile, bi garg. 3. be wild: bi fiadhaich, bi do-cheannsaichte.
Madam, *s.* Baintighearn.
Madbrain, Madbrained, } *adj.* Mearanach, bras, cas, fiadhaich, buaireasach.
Madcap, *s.* Fear-mearain, fear-gòraich, fear fiadhaich.
Madden, *v. a.* et *n.* See Mad, *v.*
Madder, *s.* Màdar.
Made, *pret.* et *part. v.* Make. 1. Rinn. 2. Dèanta.
Madefaction, *s.* Fliuchadh, bogadh, bogachadh.
Madefy, *v. a.* Fliuch, bog, bogaich.
Madgehowlet, *s.* Cumhachag, cailleach-oidhche.
Mad-headed, *adj.* See Madbrain.
Madhouse, *s.* Tigh-cuthaich.
Madid, *adj.* Fliuch.
Madly, *adv.* See Mad, *adj.*
Madness, *s.* 1. Distraction, loss of understanding:

mearan, cuthach, boile. 2. fury, rage: corruich, fraoch, fraoch-feirge.
MADRIGAL, *s.* Luinneag, fonn, duanag.
MAERE, *adv.* Mòr.
MAFFLE, *v. n.* See Stammer, *v.*
MAFFLER, *s.* See Stammerer.
MAGAZINE, *s.* Tigh-tasgaidh, tigh-stòrais, ionad-tasgaidh.
MAGE, *s.* See Magician.
MAGGOT, *s.* 1. A small grub which turns into a fly: cnuimh, cnuimheag. 2. whimsy, caprice, odd fancy: baoth-smuain, tuaineul-cinn.
Mediate, *v. a.* et *n.* 1. Effect by mediation: sìthich, réitich, dean réidh. 2. limit by something in the middle: cuir crìoch meadhoin ri. 3. interpose as an equal friend to both parties: dean eadraiginn, dean réite. 4. be between two: bi eadar-mheadhonach.
Mediate, *adj.* Meadhonach, eadar-meadhonach.
Mediately, *adj.* See Mediate, *adj.*
Mediation, *s.* 1. Interposition, intervention, agency between two parties by a common friend: eadraiginn, réite, réiteachadh, sìtheachadh, eadarghuidhe. 2. agency interposed, intervenient power: meadhon, meadhonachd. 3. intercession, entreaty for another: guidhe, eadarghuidhe.
Mediator, *s.* 1. One that intervenes between two parties: fear-eadraiginn, fear-réite, fear-sìtheachaidh. 2. one of the characters of our blessed Saviour: Eadar-mheadhonair.
Mediatorial, } *adj.* Eadar-mheadhonach, réiteach-
Mediatory, } ail.
Mediatorship, *s.* Eadar-mheadhonaireachd, réite.
Mediatress, } *s.* Bean-réite, bean-shìtheachaidh.
Mediatrix, }
Medicable, *adj.* So-leighis, so-leasachaidh.
Medical, *adj.* Leigheasach, ìocshlainteach, léigheil.

Medically, *adv.* See Medical.
Medicament, *s.* Cungaidh, leighis, iocshlaint.
Medicamental, *adj.* Leigheasach, iocshlainteach.
Medicamentally, *adv.* See Medicamental.
Medicaster, *s.* Feall-leigh.
Medicate, *v. a.* Measgaich le leigheas, cuir iocshlaint ann.
Medication, *s.* Deanamh suas chungaidhean-leighis, slànachadh.
Medicinable, } *adj.* Leigheasach, iocshlainteach.
Medicinal, }
Medicinally, *adv.* See Medicinal.
Medicine, *s.* Cungaidh-leighis, ealain-leigheas, eòlas-leighis.
Medicine, *v. a.* Leighis, slànuich.
Mediety, *s.* Meadon, meadhonachd.
Mediocre, *adj.* Meadhonach, cuibheasach, an eatorras.
Mediocrist, *s.* Fear meadhonach.
Mediocrity, *s.* Meadhonachd, cuibheas, eatorras, measarrachd.
Meditate, *v. a.* et *n.* 1. Plan, scheme, contrive: tionnsgain, deilbh. 2. think on, revolve in the mind: smuainich air, cnuasaich. 3. think, muse, contemplate: beachd-smuainich.
Meditation, *s.* Smuain, smuaintean, beachd-smuaineachadh, breithneachadh, beachd-smuaintean.
Meditative, *adj.* 1. Addicted to meditation: smuainteachail, beachd-smuainteach. 2. expressing intention, or design: rùntach, rùnachail.
Mediterranean, } *adj.* Meadhon-thìreach, eadar-
Mediterraneous, } thìreach.
Medium, *s.* 1. Any thing intervening: meadhon, inneal. 2. the middle place or degree: meadhon, eadar mheadhon.
Medley, *s.* Coimeasgadh, treamsgal.
Medley, *adj.* Coimeasgta, troimh chéile.
Medle, } *v. a.* Coimeasgaich. See Meddle.
Medly, }
Medullar, } *adj.* Smiorach, beò-smiorach.
Medullary, }
Meed, *s.* 1. Reward, recompense: duais, luachsaothrach. 2. present, gift: tiodhlac, tabhartas, buileachas.
Meek, *adj.* Macanta, ciùin, màlda, soitheamh, mìn, sèimh, iriosal.
Meek, } *v. a.* Ciùinich, sèimhich, irioslaich.
Meeken, }
Meekly, *adv.* See Meek, *adj.*
Meekness, *s.* Ciùineachd, sèimheachd, màldachd, soitheamhachd, mìneachd, irioslachd.
Mere, *s.* Loch, muir, crìoch,
Meered, *adj.* Crìochail, crìochnachail.
Meet, *adj.* Iomchuidh, freagarrach, ceart, cubhaidh.
Meet, *v. a.* et *n.* 1. Come face to face, encounter by travelling in opposite directions: còmhlaich, coinnich. 2. encounter in hostility: coinnich, tachair air, buail. 3. encounter unexpectedly: tuit air. 4. join another in the same place: coinnich, cum còmhdhail ri. 5. close with one another: coinnich, dùin ri. 6. find, light on: tuit air, faigh, tachair ri. 7. assemble from different parts:

coinnich, cruinnich. 8. encounter, close face to face: coinnich. 9. meet *with*, light on, find: faigh, tachair air. 10. meet *with*, join: coinnich, dlùthaich. 11. meet *with*, suffer unexpectedly: tachair air. 12. meet *with*, encounter, engage: buail, thoir coinneamh do. 13. unite, join: coinnich.

Meeter, *s.* Fear-còmhdhail, còmhdhalaiche.

Meeting, *s.* 1. An assembly, a convention: cruinneachadh, coimhthional, còmhdhail. 2. an interview: coinneamh.

Meeting-house, *s.* Tigh-coinnimh.

Meetly, *adv.* See Meet, *adj.*

Meetness, *s.* Iomchuidheachd, freagarrachd, cubhaidheachd.

Megacosm, *s.* An domhain, an cruinne-cè.

Megrim, *s.* Galar-cinn, goirteas-cinn, tuaineul.

Meing, *s.* Teaghlach, luchd-muinntir.

Melancholic, *adj.* 1. Disordered with melancholy, fanciful, hypocondriacal, gloomy: dubhach, fuidh leann-dubh, trom. 2. unhappy, unfortunate, causing sorrow: brònach, muladach, tuirseach. 3. dismal: duaichnidh, tiamhaidh.

Melancholian, Melancholic, *s.* 1. A person diseased with melancholy: neach dubhach, neach fuidh leann dubh. 2. a gloomy state of mind: dubhachas, leann-dubh.

Melancholily, *adv.* See Melancholy, *adj.*

Melancholiness, *s.* Dubhachas, leann-dubh.

Melancholist, *s.* See Melancholian.

Melancholize, *v. a.* et *n.* Fàs dubhach, cinn dubhach, dèan dubhach, fàg dubhach.

Melancholy, *s.* 1. A disease supposed to proceed from a redundancy of black bile: leann-dubh, mulad. 2. a kind of madness in which the mind is always fixed on one object: trom-inntinn, dubh-bhròn, bròn-cuthaich. 3. a gloomy, pensive, discontented temper: dubhachas, tuirse, mulad.

Melancholy, *adj.* 1. Gloomy, dismal: tiamhaidh, duaichnidh, muladach. 2. diseased with melancholy, fanciful, habitual dejected: fuidh leann-dubh, dubhach, brònach, tuirseach, trom.

Melange, *s.* Coimeasgadh.

Melilot, *s.* An ealbhuidh.

Meliorate, *v. a.* Leasaich, càirich, cuir am feabhas.

Melioration, *s.* Leasachadh, càradh, feabhas.

Mell, *s.* Mill.

Melliferous, *adj.* Mileach, mealach.

Mellification, *s.* Mil-dheanamh.

Mellifluence, *s.* Sruth-mhilseachd, mil-shruthachd.

Mellifluent, Mellifluous, *adj.* Mileach, milis, mil-shruthach.

Mellow, *adj.* 1. Soft with ripeness, full ripe: lànabuich, caoin-abuich. 2. soft in sound: caoinfhuaimneach, bog-fhuaimneach, tlà-fhuaimneach, tlà-ghuthach. 3. soft, unctuous: bog, tais, sultmhor. 4. drunk: air mhisg, misgeach.

Mellow, *v. a.* et *n.* 1. Ripen, mature, soften by ripeness: abuich, caoin-abuich, dean caoin le abachadh. 2. soften: bogaich, taisich. 3. be matured, ripen: abuich, fàs làn-abuich.

Mellowness, *s.* 1. Maturity of fruits, ripeness, softness by maturity: abachd, làn-abachd, caoinabachd. 2. maturity, full of age: làn-aois, seanaois. 3. softness of sound: tlà-ghuthachd, taisghuthachd.

Mellowy, *adj.* Bog, tais, sultmhor.

Melodious, *adj.* Binn, fonnmhor, ceòlmhor, ceileireach.

Melodiously, *adv.* See Melodious.

Melodiousness, *s.* Binne, fonnmhorachd, ceòlmhorachd, ceileireachd.

Melody, *s.* Binneas, ceòl, fonn, fonnmhorachd, cosheirm.

Melon, *s.* Meal-bhucan.

Melt, *v. a.* et *n.* Leagh, taisich, bogaich, caith as.

Melter, *s.* Fear-leaghaidh, leaghadair.

Meltingly, *adv.* Gu leaghtach.

Melting, *s.* Leaghadh, taiseachadh.

Meltingness, *s.* Leaghtachd, taisealachd.

Member, *s.* 1. A limb, a part appendant to the body: ball. 2. a part of a discourse or period, a head, a clause: ceann, earrann, roinn, ponc. 3. one of a community: ball.

Membrane, *s.* Lìonan fèitheach, sgannan, cochull.

Membranaceous, Membraneous, Membranous, *adj.* Sgannanach, cochullach.

Memento, *s.* Cuimhneachan, sanas, rabhadh.

Memoir, *s.* 1. An account of transactions familiarly written: mion-eachdraidh, sgeul sgrìobhta. 2. hint, notice: rabhadh, sanas, cuimhneachan.

Memorable, *adj.* Ainmeil, cliùiteach, ion-chuimhneachaidh.

Memorably, *adv.* See Memorable.

Memorandum, *s.* Cuimhneachan, comharradh-cuimhne.

Memorative, *adj.* Cuimhneachail.

Memorial, *s.* 1. A monument, something to preserve memory: cuimhneachan. 2. hint to assist the memory: comharradh-cuimhne. 3. an address, reminding of services, and soliciting reward: cuimhneachan duaise.

Memorial, *adj.* 1. Preservative of memory: cuimhneachail. 2. contained in memory: air chuimhne.

Memorialist, *s.* Fear-cuimhneachain, fear-cur an cuimhne.

Memorize, *v. a.* Cuir air chuimhne, sgrìobh cunntas air.

Memory, *s.* 1. The power of retaining, or recollecting things: cuimhne, meadhar, meadhail. 2. exemption from oblivion: cuimhne. 3. time of knowledge: àm-cuimhne. 4. memorial, monumental record: cuimhneachan.

Men, *pl.* of Man. Daoine, fir.

Men-pleaser, *s.* Fear-toileachaidh dhaoine.

Menace, *v. a.* Bagair, maoidh, bùitich.

Mènace, *s.* Bagradh, bagairt, maoidheadh, bùiteach.

Menacing, *s.* Bagradh, bagairt, maoidheadh.

Menage, *s.* 1. A collection of animals: cruinn-

eachadh fhiadh-bheathaichean. 2. See Manege, and Manage.

Menagery, *s.* 1. See Menage, 1. 2. the place in which wild animals are kept: lann-fhiadh-bheathach.

Menagogue, *s.* Leigheas bhan.

Mend, *v. a.* et *n.* 1. Repair from breach or decay: càirich, dean suas. 2. correct, alter for the better: leasaich, ath-leasaich. 3. help, advance: cuidich, cuir air aghaidh. 4. improve, increase: leasaich, cuir ri, cuir am meud. 5. grow better: rach am feabhas, rach ni 's feàrr, cinn ni 's feàrr.

Mendable, *adj.* So-leasachaidh.

Mendacious, *adj.* Breugach, feallsa, spleadhach.

Mendacity, *s.* Breugaireachd, feallsachd, spleadhachas.

Mender, *s.* Fear-leasachaidh, fear-càraidh.

Mendicancy, *s.* See Beggary.

Mendicant, *adj.* Bochd, truagh, uireasbhuidheach, beò air déircibh.

Mendicant, *s.* Fear bochd, bràthair bochd, fear-iarruidh dhéircean.

Mendicate, *v. a.* Iarr déircean, iarr cuideachadh, iarr oircheas.

Mendicity, *s.* See Beggary.

Menial, *adj.* Tràilleil, muinntireach.

Menial, *s.* Seirbhiseach, fear-muinntir, bean-mhuinntir.

Meninges, *s.* Lìontan, no, còmhdach na h-eanchainn.

Menology, *s.* Mìosachan, clàr mhìos.

Menow, *s.* See Minnow.

Mensal, *adj.* Bòrdach, a bhuineas do 'n bhòrd.

Mense, *s.* Eireachdas, tlachdmhorachd, ciatfachd, modh, beus.

Menseful, *adj.* Eireachdail, tlachdmhor, ciatfach, modhail, beusach.

Menseless, *adj.* Neo-eireachdail, neo-thlachdmhor, no-chiatfach, neo-mhodhail.

Menstrual, *adj.* Mìosach, uair 's a' mhìos.

Menstruum, *s.* Uisge tarruing.

Mensurability, *s.* So-thomhaiseachd.

Mensural, *adj.* Tomhasach, tomhasail.

Mensurate, *v. a.* Tomhais, gabh a thomhas.

Mensuration, *s.* Tomhas, ealan-tomhais.

Mental, *adj.* Inntinneach, inntinneil, 's an inntinn.

Mentally, *adv.* See Mental.

Mention, *s.* Ainmeachadh, luaidh, iomradh, aithris, labhairt, seanachas.

Mention, *v. a.* Ainmich, luaidh, aithris, labhair mu, luaidh air, abair.

Mephitic, Mephitical, *adj.* Breun, lobhta, air dhroch bholadh.

Meracious, *adj.* Làidir, boltrach.

Mercable, *adj.* So-reicidh, so-cheannach.

Mercantile, *adj.* Malairteach, marsantach, margail.

Mercat, *s.* See Market.

Mercature, *s.* Reic, ceannachd, malairt.

Mercenariness, *s.* Geall air buannachd, déigh air duais, sannt gràineil.

Mercenary, *adj.* 1. Venal, hired, sold for money: malairteach, ri reiceadh, duais-ghabhaltach. 2. too studious of profit, acting only for hire: gionach, sanntach, duais-dhéidheil.

Mercenary, *s.* Seirbhiseach-duaise, fear ceannaichte, tuarasdalaiche.

Mercer, *s.* Reiceadair sìoda, ceannaiche sìoda.

Mercership, *s.* Ceannachd shìoda.

Mercery, *s.* 1. Any ware to sell: bathar, ceannachd. 2. trade of mercers: ceannachd shìoda.

Merchand, *v. n.* Malairtich, bi ri ceannachd.

Merchandise, *s.* 1. Traffic, commerce, trade: ceannachd, malairt. 2. wares, any thing to be bought or sold: bathar, ceannachd.

Merchandise, *v. n.* Malairtich, bi ri ceannachd.

Merchandry, *s.* Malairt, reic, ceannachd.

Merchant, *s.* 1. One who traffics to remote countries: ceannaiche, marsanta. 2. a ship of trade: long-bhathair, long-cheannachd.

Merchant, *v. n.* Malairtich, bi ri ceannachd.

Merchantlike, Merchantly, *adj.* Marsontach, còlach air reic is ceannachd.

Merchant-man, *s.* Long mharsontachd, long-bhathair.

Merchantable, *adj.* So-reicidh, so-cheannach.

Merciful, *adj.* Tròcaireach, iochdmhor, truacanta, daonnach, teò-chridheach.

Mercifully, *adv.* See Merciful.

Mercifulness, *s.* Tròcaireachd, iochdmhorachd, truacantachd, daonnachd, teò-chridheachd.

Mercify, *v. a.* Truasaich, gabh truas ri.

Merciless, *adj.* Mi-thròcaireach, an-iochdmhor, neo-thruacanta, cruaidh-chridheach.

Mercilessly, *adv.* See Merciless.

Mercilessness, *s.* Mi-thròcaireachd, an-iochdmhorachd, no-thruacantachd.

Mercurial, *adj.* 2. Active, sprightly: beothail, sunndach, cridheil. 2. consisting of quicksilver: beò-airgiodach. 3. giving intelligence, directing: iùlmhor.

Mercurial, *s.* 1. An active, sprightly, gay person: lasgair, neach beothail. 2. (in medicine): cungaidh bheò airgid.

Mercury, *s.* 1. One of the planets: ainm aoin de na reultaibh. 2. quicksilver: airgiod beò, beo-airgiod. 3. sprightly qualities: beothalachd, sunnd, sunndachd. 4. a newspaper: litir--naidheachd. 5. a messenger: teachdaire.

Mercury, *v. a.* Nigh le beò-airgiod.

Mercy, *s.* 1. Tenderness, goodness, pity, clemency: tròcair, iochd, truas, maitheas. 2. pardon: maitheanas. 3. discretion, power of acting at pleasure: comas, làn-chomas.

Mercy-seat, *s.* Caithir na tròcair, caithir-thròcair.

Merd, *s.* Innear, buachar, cac.

Mere, *adj.* Fìor, a mhàin.

Mere, *s.* 1. A pool, a large pool, or lake: loch, linne, muir. 2. a boundary: crioch, iomall.

Mere, *v. a.* Cuir crìochan ri, crìochnaich.

Merely, *adv.* A mhàin, a dh' aon chuid, leis féin, ach gann, dìreach.

Meretricious, *adj.* Siùrsachail, strìopachail, macnusach, neo-gheamnuidh.

Meretriciously, *adv.* See Meretricious.

Meretriciousness, *s.* Siùrsachalachd, strìopachalachd, macnusachd, neo-gheamnuidheachd.
Merge, *v. a.* et *n.* 1. Immerse, plunge: tum, cuir fuidhe. 2. be swallowed up, be lost, be sunk: rach fuidhe, bi caillte, bi fuidhe.
Meridian, *s.* 1. Noon, mid-day: meadhon là, tra neòin, neòin. 2. the line drawn from north to south, which the sun crosses at noon: cridhe na h-àirde deis. 3. the particular place, or state of any thing: àirde, àird. 4. the highest point of glory or power: àirde, àrd-inbeachd.
Meridian, *adj.* 1. Being at the point of noon: meadhon-lathach, mu thra-neòin. 2. extended from north to south: o thuath gu deas. 3. raised to the highest pitch: àrdaichte.
Meridional, *adj.* Deas, deiseal, mu dheas, ri deas.
Meridionality, *s.* Deas-shuidheachadh, suidheachadh deiseal, deas-amharc.
Meridionally, *adv.* See Meridional.
Merit, *s.* 1. Desert, excellence deserving honour or reward: toilltinneas, toillteanas, deadh-thoilltinneas. 2. reward deserved: duais-thoilltinneis. 3. claim, right: còir.
Merit, *v. a.* Toill, coisinn, buannaich, bi airidh air.
Meritable, *adj.* Duais-thoilltinneach, deadh-thoilltinneach.
Meritorious, *adj.* Duais-thoilltinneach, deadh-thoilltinneach, airidh air duais, cliùiteach.
Meritoriously, *adv.* See Meritorious.
Meritoriousness, *s.* Duais-thoilltinneachd, deadh-thoilltinneas, cliùiteachd.
Meritory, *adj.* See Meritorious.
Meritot, *s.* Siùdagan, cluich-siùdagain.
Merle, *s.* Lon-dubh.
Merlin, *s.* Seòrsa seabhaig.
Mermaid, *s.* Maighdean-mhara, maighdean-chuain.
Merman, *s.* Bodach-mara, bodach-cuain.
Merrily, *adv.* See Merry.
Merrimake, *s.* Cuilm, cluich-chuilm, aighear, àbhachd, fearas-chuideachd.
Merrimake, *v. n.* Dean cuilm, bi aighearach, bi ri àbhachd.
Merriment, *s.* Aighear, subhachas, mire, beadradh, sùgradh, aiteas, suigeart, fonn.
Merriness, *s.* Aighearachd, subhaiche, cridhealachd, sunnd, suigeartachd.
Merry, *adj.* 1. Pleasant, sweet, agreeable, delightful, charming: taitneach, aoibhin, ait. 2. prosperous, not foul: réidh. 3. laughing, loudly, cheerful, gay of heart: mear, mireagach, aighearach, cridheil, aoibhneach, subhach, beadarach, geanail, suigeartach, gàirdeachail. 3. causing laughter: gàireach, aighearach.
Merry-andrew, *s.* Cleasaiche, baoth-chleasaiche.
Merrythought, *s.* Cnàimh-pòsaidh, cnaimh uchd eòin.
Mersion, *s.* Tumadh, bogadh, cur fuidhe, dol fuidhe.
Meseems, *impers. v.* Air leam, ar leam, their leam, saoileam.
Mesentery, *s.* Lìon a' mhionaich.
Mesh, *s.* Mogull.
Mesh, *v. a.* Lìon, cuir an lìon, rib, glac an lìon
Meshy, *adv.* Mogullach, lìontaidh.
Meslin, *s.* Coimeasgadh shìol, arbhar coimeasgta, sìol coimeasgta.
Mesprise, *s.* Dìmeas, tàir, sgeig.
Mess, *s.* 1. A dish, a quantity of food sent to table together: mias. 2. the ordinary of military men: comaidh, biadh cuideachd, bòrd shaighdear.
Mess, *v. n.* 1. Eat, feed: ith, dean do bhiadh, gabh biadh. 2. contribute to the common expense of the table: dìol do chuid, rach an comaidh.
Message, *s.* Teachdaireachd, gnothuch, fios, turus, turus air ghnothuch.
Messenger, *s.* Teachdair, fear-gnothuich, gille ruith. A messenger at arms: earraid, maor.
Messiah, *s.* Mesiah, an Tì ungta, an Slànuighear.
Messieurs, *s.* A dhaoin' uaisle, fheara, a mhaighstirean.
Messmate, *s.* Companach bùird, fear-comaidh.
Messuage, *s.* Aitreabh, làrach, ionad tighe.
Met, *pret* and *part.* of Meet, *v.* Choinnich, chomhlaich; coinnichte, còmhlaichte. See Meet, *v.*
Metachronism, *s.* Mearachd aimsir.
Metal, *s.* 1. Any of the metals: miotailt, meatailt. 2. See Mettle.
Metallic, Metallical, *adj.* Miotailteach, meatailteach.
Metalliferous, *adj.* Miotailteach.
Metalline, *adj.* Miotailteach.
Metallist, *s.* Fear-oibreachaidh mhiotailt, fear eòlach mu mhiotailtibh.
Metallography, *s.* Sgrìobhadh air miotailtean.
Metallurgist, *s.* Fear-oibreachaidh mhiotailtean.
Metallurgy, *s.* Oibreachadh mhiotailtean.
Metalman, *s.* Ceàrd umha, staoin-cheàrd.
Metamorphose, *v. a.* Cruth-atharraich, cruth-chaochail, caochail riochd.
Metamorphoser, *s.* Fear-cruth-atharrachaidh.
Metamorphosic, *adj.* Cruth-atharrachail.
Metamorphosis, *s.* Cruth-atharrachadh, riochd-atharrachadh.
Metaphor, *s.* Briathar samhlaidh, samhladh, riochd-bhriathar.
Metaphoric, Metaphorical, *adj.* Samhlachail, riochd-bhriathrach.
Metaphorically, *adv.* See Metaphorical.
Metaphorist, *s.* Fear riochd-bhriathar, fear-shamhladh.
Metaphrase, *s.* Eadar-theangachadh, mion-thionndadh cainnte.
Metaphrast, *s.* Eadar-theangair.
Metaphrastic, *adj.* Eadar-theangach.
Metaphysic, Metaphysical, *s.* Domhain, dìomhair, àrd-fhiosrach, a bhuineas do chùisibh na h-inntinn.
Metaphysician, *s.* Teallsanach, fear eòlais air nithibh dìomhair.
Metaphysics, *s.* Teallsanachd, eòlas air nithibh inntinneach.
Metastasis, *s.* Tionndadh, atharrachadh.
Metatarsal, *adj.* Troidheach, a bhuineas do 'n troidh.
Metatarsus, *s.* Troidh, meadhon na troidhe.

Metathesis, *s.* Caochladh, atharrachadh.
Mete, *v. a.* Tomhais, thoir gu tomhas, cothromaich.
Metewand, } *s.* Slat-thomhais.
Meteyard, }
Meteor, *s.* Dreug, deatach neoil, tein-adhair.
Meteorolist, *s.* Speuradair, fear-adhair-eòlais.
Meteorology, *s.* Speuradaireachd, adhar-eòlas.
Meteorous, *adj.* Dreugach, dreugail.
Meter, *s.* Fear-tomhais.
Metheglin, *s.* Deoch-mheala, leann meala.
Methinks, *impers. v.* Air leam, saoileam. See Meseems.
Method, *s.* Dòigh, seòl, rian, alt, modh, achd, rathad, òrdugh.
Methodic, *adj.* See Methodical.
Methodical, *adj.* Dòigheil, rianail, òrdail, seòlta, riaghailteach.
Methodically, *adv.* See Methodical.
Methodist, *s.* 1. An observer of method: fear seòlta, fear-dòighe, fear riaghailt. 2. one of a certain religious sect: fear poncail an nithibh na diadhachd, fear-dealachaidh o eaglais Shasuinn.
Methodize, *v. a.* Cuir air dòigh, cuir an òrdugh, gleus.
Methought, *pret. v.* Methink. Air leam, shaoil mi.
Metonymical, *adj.* Samhlachail, an àite seadh eile.
Metonymically, *adv.* See Metonymical.
Metonymy, *s.* Samhladh, modh samhlaidh.
Metoposcopist, *s.* Gnùis-fhiosaiche.
Metopdscopy, *s.* Gnùis-fhiosachd.
Metre, *s.* Rannachd, rann-bhàrdachd.
Metrical, *adj.* Rannach, rann-ṙéidh.
Metrician, } *s.* Fear-ṙann-bhàrdachd, fear-rann-
Metrist, } achd.
Metropolis, *s.* Àrd-bhaile, prìomh-bhaile, àrd-chathair na rìoghachd.
Metropolitan, *s.* Easbuig àird-bhaile, àrd-easbuig.
Metropolitan, *adj.* Prìomh-bhailteach.
Metropolite, *s.* See Metropolitan, *s.*
Mettle, *s.* 1. Spirit, sprightliness, courage: smior, smioralachd, misneachd, meanmnadh, duinealas, fearalas, cruadal. 2. substance: brìgh, stuth.
Mettled, } *adj.* Smiorail, misneachail, meanm-
Mettlesome, } nach, duineil, fearail, cruadalach.
Mettlesomely, *adv.* See Mettled.
Mew, *s.* 1. A cage for hawks: lann sheabhag. 2. a cage, an inclosure, a place where any thing is confined: fang, lann, eunadan, àite-gleidhidh. 3. a sea-fowl: faoileag, faoighleann.
Mew, *v. a.* et *n.* 1. Shut up, confine, imprison inclose: druid, druid suas, prìosanaich. 2. shed the feathers: tilg na h-itean. 3. cry as a cat: dean sgiamhail, sgiamh, miamh. 4. change, put on a new appearance: caochail, caochail dreach.
Mewing, *s.* Tilgeadh nan itean.
Mewing, *s.* Miamhail, sgiamhail.
Mewl, *v. n.* Ràn, sgread, caoin mar ṅaoidhean.
Mewler, *s.* Fear-sgreadail, fear-caoinidh, fear-rànaich.
Miasm, *s.* Toth, fàile neo-fhalain ghalaran.
Mica, *s.* Airgiod chaorach, airgiod ghabhar.
Mice, *pl.* of Mouse. Luchan, luchagan.

Michaelmas, Féill-mìcheil, féill-mhìcheil.
Miche, *v. n.* 1. Pilfer: siolc, dean frith-ghoid. 2. be secret, or covered, lie hid, lurk out of sight: bi am folach, bi ceilte.
Micher, *s.* 1. A thief, a pilferer: gaduiche, fear-siolcaidh, siolcair. 2. a lazy loiterer: lunndaire, seotaire. 3. one who skulks about in corners and by-places, a hedge-creeper: fear-folaich.
Michery, *s.* Siolcaireachd, frith-ghoid.
Mickle, *adj.* Mòr, miaghail.
Microcosm, *s.* Saoghal beag, an duine.
Microcosmical, *adj.* Beag-shaoghalach.
Micrography, *s.* Tuaireisgeul ṅithe meanbha.
Microscope, *s.* Gloine-mheudachaidh.
Mid, *adj.* Meadhonach, eadar-mheadhonach.
Mid-age, *s.* Aois mheadhonach.
Mid-course, *s.* Meadhon-rathaid, leth-shlighe.
Mid-day, *adj.* Meadhon-lathach, mu thrà ṅeòin.
Mid-day, *s.* Meadhon-là, meadhon-latha, trà ṅeòin, neòin.
Midden, } *s.* Òtrach, dùnan.
Midding, }
Middle, *adj.* Meadhonach, eadar-mheadhonach, teis-meadhonach.
Middle, *s.* Meadhon, teis-meadhon, cridhe, buillsgean.
Middle-aged, *adj.* Meadhon-aosda, ear-aosda.
Middle-earth, *s.* Buillsgean-talmhainn, cridhe-talmhainn.
Middle-witted, *adj.* Leth-thoinisgeach, leth-chiallach.
Middlemost, *adj.* Meadhonach, eadar-mheadhonach, teis-meadhonach.
Middling, *adj.* 1. Of middle rank: meadhonach. 2. of moderate size: cuibheasach, cuimseach.
Middlingly, *adv.* See Middling.
Midge, *s.* Meanbh-chuileag.
Mid-heaven, *s.* Meadhon nan speur.
Midland, *adj.* 1. Remote from the coast: meadhon-thireach, bràigheach. 2. surrounded by land: meadhon-thireach.
Midleg, *s.* Leth-calpa, leth-a' chalpa.
Midlent, *s.* Leth cairghis.
Midmost, *adj.* Meadhonach, teis-meadhonach.
Midnight, *s.* Meadhon-oidhche.
Midriff, *s.* An sgairt, fionn-staoig.
Midshipman, *s.* Òg oifigeach luinge.
Midst, *s.* Meadhon, teis-meadhon, buillsgean, cridhe.
Midst, *adj.* See Middle, *adj.*
Midst, *prep.* See Amidst.
Midstream, *s.* Buillsgean srutha, meadhon an t-sruth.
Midsummer, *s.* Leth samhraidh, leth an t-samhraidh.
Midward, *adj.* See Middle, *adj.*
Midway, *s.* Leth na slighe, leth an rathaid.
Midway, *adj.* Leth-shligheach, meadhonach.
Midway, *adv.* 'S a' mheadhon.
Midwife, *s.* Bean-ghlùine.
Midwife, } *v. a.* et *n.* 1. Assist in childbirth: as-
Midwive, } adaich, dean cuideachadh an leaba-shiùbhla. 2. produce: beir, thoir a mach. 3.

perform the office of a midwife: dean dreuchd mnà-glùine.

Midwifery, *s.* Banas-glùine.

Midwinter, *s.* Leth-gcamhraidh, leth a' gheamhraidh, dùbhlachd.

Mien, *s.* Snuadh, dreach, aogas, sgèimh, tuar, gnùis, coslas, cruth, dealbh.

Might, *pret. v.* May. Dh' fheudadh, dh' fhaodadh, dh' fheudtadh, dh' fhaodtadh.

Might, *s.* Cumhachd, neart, treise, spionnadh, euchd. Might and main: uile neart.

Mightily, *adv.* See Mighty.

Mightiness, *s.* Mòrachd, mòr-chumhachd, spionnadh, àrd-bheachd, àrd-urram.

Mighty, *adj.* 1. Strong, valiant: neartmhor, euchdach, gaisgeil. 2. powerful, having great command: smachdail, uachdranach, ùghdarrach. 3. powerful by influence: smachdail, inbheach. 4. great in number: lìonmhor, cumhachdach, iomadh. 5. strong in corporeal, or intellectual power: làidir, foghainteach. 6. impetuous, violent: bras, dian. 7. vast, enormous, bulky: aibhseach, ro-mhòr, anabarrach. 8. excellent, of superior eminence: òirdheirc. 9. forcible, efficacious: éifeachdach, cumhachdach, treun. 10. expressing or implying power: neartmhor, làidir. 11. important, momentous: cudthromach, àraidh, sònruichte.

Mighty, *adv.* See Mighty, *adj.*

Migniard, *adj.* See Miniard.

Migrate, *v. n.* Rach imrich, atharraich do chòmhnuidh, falbh.

Migration, *s.* Imrich, dol imrich, triall as.

Migratory, *adj.* A théid imrich, falbhanach, arrabanach.

Milch, *adj.* Bainneach, bainnear.

Mild, *adj.* 1. Kind, tender, good, indulgent, merciful: bàigheil, iochdmhor, blàth, maitheasach, caoimhneil, tròcaireach. 2. soft, gentle, not violent: mìn, ciùin, sèimh, suairc, soitheamh. 3. not acrid, not corrosive: neo-gheur, maoth, milis, blasda.

Mildew, *s.* Crith-reothadh, liath-reothadh, fuardhealt, mill-cheo.

Mildly, *adv.* See Mild.

Mildness, *s.* 1. Gentleness, tenderness, mercy, clemency: bàigh, bàighealachd. 2. contrariety to acrimony: neo-gheurachd, neo-ghoirteachd, maothachd.

Mile, *s.* Mìle, seachd ceud deug is tri-fichead slat.

Milestone, *s.* Clach-mhìle.

Milfoil, *s.* Eàrr-thalmhainn, cathair-thalmhainn.

Miliary, *adj.* Caol, meanbh. Miliary fever: teasach ghrìseach.

Militancy, *s.* Cogadh, cathachadh, saighdearachd.

Militant, *adj.* Cogach, cathachail, saighdearach, mìlidheach.

Militarily, *adv.* See Military, *adj.*

Military, *adj.* Saighdearach, saighdearail, còmhragach, cogail.

Military, *s.* Feachd, saighdearachd, arm, feachdtìre.

Militate, *v. n.* Cuir an aghaidh, bi an aghaidh, seas an aghaidh.

Militia, *s.* Saighdearachd-dùthcha, feachd-dùthcha, feachd-tìre.

Milk, *s.* 1. The liquor with which animals feed their young from the breast: bainne, bliochd. 2. emulsion made by contusion of seeds: sùbh-luidhean.

Milk, *v. a.* 1. Draw milk from the breast by the hand: bliogh, bleodhainn, leag bò. 2. suck: deoghail.

Milken, *adj.* Bainneach, bliochdach.

Milker, *s.* Bean-bhleoghainn, banaireach, banachaig.

Milkiness, *s.* Bainneachas, tlàths mar bhainne.

Milklivered, *adj.* Gealtach, cladhaireach.

Milkmaid, *s.* Banaireach, banachaig.

Milkman, *s.* Fear-reic bainne.

Milkpail, *s.* Cuman, cuman bleoghainn, soitheachbleodhainn.

Milkpan, *s.* Miosar, miosar-bhainne.

Milkpottage, *s.* Brochan-bainne, lite-bhainne.

Milkscore, *s.* Cunntas-bainne, fiachan-bainne.

Milksop, *s.* Boganach, cailleach, cladhair, fear cailleachail.

Milktooth, *s.* Ceud fhiaclan searraich.

Milkwhite. *adj.* Geal, air dhath bainne, bàngheal.

Milkwoman, *s.* Bean bhainne.

Milky, *adj.* 1. Made of milk, resembling milk: bainneach, bainnear, bliochdach. 2. soft, gentle, tender, timorous: maoth, mìn, ciùin, lag-mhisneachail.

Milky-way, *s.* Slighe bhainneach, geal-shruth nan speur.

Mill, *s.* Muileann.

Mill, *v. a.* 1. Grind, comminate: meil, bleith, pronn. 2. stamp coin in the mints: cùinn, cùinnich.

Mill-cog, *s.* Coguis, cnag-rotha muilinn.

Mill-dam, *s.* Linne-muilinn, eileach, eas-muilinn.

Mill-horse, *s.* Each muilinn.

Mill-teeth, *s.* Cùlagan, fiaclan-cùil.

Millenary, *s.* Mìle bliadhna.

Millenary, *adj.* Mìlteach.

Millenium, *s.* Mìle bliadhna, an ùine mar a smuainichear le cuid, anns an riaghail ar Slànuighear fathast air talamh leis na naomhaibh.

Milleped, *s.* Còrr-chosag, sgliatair, miol-fhiodha.

Miller, *s.* Muillear, muilnear, fear-muilinn.

Millesimal, *adj.* Mìlteamh, mìleamh.

Milliner, *s.* Gréis-bhean, bean-reic dheisean bhan.

Millinery, *s.* Gréiseachd, gréis bhan, grinneas bhan.

Million, *s.* Deich ceud mìle.

Millionth, *adj.* An deicheamh ceud mìle.

Millstone, *s.* Cloch mhuilinn.

Milt, *s.* 1. The sperm of the male fish: mealg. 2. the spleen: an dubh-liath.

Milt, *v. a.* Cuir air chladh.

Milter, *s.* Iasg firionn, iasg mealgach.

Mime, *s.* 1. A buffoon who practises gesticulations:

fear-aincheird, baoth-chleasaiche, sgeigire. 2. a ludicrous composition, a farce: cluich ùbhachd.

MIME, *v. n.* Bi aincheardach, sgeig, mag, atharrais-ich.

MIMER, *s.* Sgeigire, fear-fanoid, baoth-chleasaiche.

MIMETICAL, *adj.* Fochaideach, fanoideach, sgeigeil.

MIMICAL, *adj.* Fochaideach, fanoideach, atharrais-each.

MIMICALLY, *adv.* See Mimical.

MIMICK, *s.* Fear-fanoid, fear-fochaid, fear-atharrais, baoth-chleasaiche.

MIMICK, *adj.* Fanoideach, fochaideach, atharraiseil, cleasanta.

MIMICK, *v. a.* Dean fochaid, dean fanoid, mag, dean atharrais.

MIMICKRY, *s.* Fochaid, fanoid, atharrais, sgeigir-eachd.

MIMOGRAPHER, *s.* Cluich-sgrìobhair.

MINACIOUS, *adj.* Bagarrach, bagrach, maoidheil.

MINACITY, *s.* Bagarrachd, bagairteachd.

MINATORY, *adj.* Bagarrach, bagairteach, maoidh-each.

MINCE, *v. a.* et *n.* 1. Cut into very small parts: pronn, min-ghearr, gearr meanbh. 2. mention any thing scrupulously, by a little at a time: abair mion air mhion, mion-labhair. 3. speak with affected softness, clip the words: labhair tuilleadh 's eagnaidh, labhair gu sgeilmeil. 4. walk nicely with short steps: falbh le meanbh cheum, imich gu h-iollagach, no, gu mùirneach.

MINCINGLY, *adv.* Gu pronn, gu meanbh, gu neo-choimhlionta.

MIND, *s.* 1. The intelligent power: inntinn, tuigse, ciall. 2. intellectual capacity: tuigse, tùir. 3. liking, choice, inclination: toil, déigh, togradh. 4. thoughts, sentiments: beachd, smuaintean, inntinn. 5. opinion: barail, beachd. 6. memory, remembrancy: cuimhne, meadhail, meadhar.

MIND, *v. a.* et *n.* 1. Mark, attend: thoir an aire, thoir fainear, beachdaich. 2. put in mind, remind: cuir an cuimhne, ath-chuimhnich do. 3. incline, be disposed: togair, biodh air d' aire.

MINDED, *adj.* Togarrach, toileach, deònach, inntinn-each.

MINDFUL, *adj.* Aireil, toigheach, cuimhneach, faic-illeach, cùramach.

MINDFULLY, *adv.* See Mindful.

MINDFULNESS, *s.* Toigheachd, toileachas, cuimh-neachd, faicilleachd, cùramachd, aire.

MINDLESS, *adj.* 1. Inattentive, regardless: neo-air-eil, neo-chùramach, neo-chuimhneach, neo-fhaic-illeach. 2. not endued with a mind, having no intellectual powers: neo-thùireil, neo-inntinneach, neo-thuigseach. 3. stupid, unthinking: baoth, baoghalta, gòrach, neo-chuimhneach.

MIND-STRICKEN, *adj.* Buailt 's an inntinn.

MINE, *pron. poss.* Mo, *contr.* m'. Otherwise: leam, leamsa. That is mine: is *leamsa* sin. Whose is this? It is mine: co leis so? leamsa.

MINE, *s.* 1. A place or cavern in the earth that contains minerals: mèinn-àite, mèinn-shlochd, slochd-mhèinne. 2. a cavern dug under any fortification to make it sink for want of support: slochd, slochd-séisdidh.

MINE, *v. a.* 1. Sap, ruin by mines, destroy by slow degrees or secret means: cladhaich fuidhe, toch-ail, mill gun fhios, mill gu foluichte. 2. dig mines, or burrows, form any hollows under ground: cladhaich, treachail, tochail, dean cladhach.

MINER, *s.* 1. One that digs for metals: mèinn-eadair. 2. one who makes military mines: fear-cladhaich, fear-madaig.

MINERAL, *s.* Mèinn.

MINERAL, *adj.* Mèinneach.

MINERALIST, *s.* Mèinneadair.

MINERALOGIST, *s.* Mèinneadair, fear-teagaisg mu mhèinnibh.

MINERALOGY, *s.* Mèinn-theagasg, mèinn-eòlas, eòlas mhèinn.

MINGLE, *v. a.* et *n.* 1. Mix, join, compound: measgaich, coimisg, cuir an ceann a chéile. 2. contaminate, make of dissimilar parts: truaill. dubh-choimisg. 3. confuse: cuir troimh chéile. 4. be mixed, be united with: gabh measgachadh, bi measgaichte le.

MINGLE, *s.* Measgadh, measgachadh, coimeasgadh.

MINGLE-MANGLE, *s.* Treamsgal, ùtrais, breolamas.

MINGLER, *s.* Fear-measgachaidh, fear-coimeasgaidh.

MINIARD, *adj.* Bog, tais, maoth, mùirneach.

MINIARDIZE, *v. a.* Bogaich, dean tais, maothaich.

MINIATE, *v. a.* Deargaich, dean dearg.

MINIATURE, *s.* 1. Representation in a small compass, less than the reality: mion-dhealbh, meanbh-dhealbh. 2. red letter, rubrick distinction: dearg-chlòdh, litir dhearg, litir ruadh.

MINIKIN, *adj.* Beag, crìon, mion, meanbh.

MINIKIN, *s.* 1. A darling, a favourite: mùirnean, mùirneag. 2. a small sort of pins: prìne beag.

MINIM, *s.* 1. A small being, a dwarf: troich, arr-ach, luspardan, 2. See Minnow. 3. a little song or poem: luinneag, duanag. 4. a small sort of printing letter: meanbh chlòdh litir.

MINIMENT, *s.* Dearbhadh, còmhdach, teisteas.

MINIMUM, *s.* An ni a 's lugha, a' chuid a 's lugha.

MINIMUS, *s.* An creutair a 's lugha.

MINION, *s.* Peasan, beadagan millte, mùirnean, gràidhean.

MINION, *adj.* Mùirneach, grinn, grinneasach, greannar.

MINIONING, *s.* Mùirn, tlà-chaidreamh.

MINIONLIKE, MINIONLY, *adj.* Mùirneach, mùirneil, breagha, beadaganach.

MINIOUS, *adj.* Dearg, air dhath dearg.

MINISH, *v. a.* See Diminish.

MINISTER, *s.* 1. An agent, one who is employed to any end: fear-dreuchd, fear-ionaid, seirbhiseach. 2. one who is employed in the administration of government: fear-riaghlaidh, fear-comhairle. 3. one who serves at the altar, one performing sacerdotal functions: ministeir. 4. a delegate, an official: fear-ionaid, fear-dreuchd. 5. an agent from a foreign power without the dignity of an ambassador: teachd air.

MINISTER, *v. a.* et *n.* 1. Attend, serve in any office: fritheil. 2. give medicines: thoir cung-

aidhean-leighis. 3. give, supply, afford: tabhair, thoir, builich, compàirtich. 4. give supplies of things needful: fritheil le, thoir seachad. 5. attend on the service of God: fritheil air.

MINISTERIAL, *adj.* 1. Attendant, acting at command: fritheilteach, fuidh ùghdarras. 2. sacerdotal: ministeireach, eaglaiseil, coisrigte. 3. pertaining to ministers of state: a bhuineas do luchd-comhairle.

MINISTERIALLY, *adv.* See Ministerial.

MINISTERY, *s.* See Ministry.

MINISTRAL, *adj.* Ministeireil.

MINISTRANT, *adj.* Fritheilteach, furachail air.

MINISTRATION, *s.* 1. Agency, intervention, office of an agent delegated: meadhon, meadhonachd, dreuchd-ionad. 2. service, office, ecclesiastical function: ministrealachd.

MINISTRESS, *s.* Bean-frithealaidh, bean-bhuileachaidh, ban-thabhairtear.

MINISTRY, *s.* 1. Office, service: dreuchd, seirbhis. 2. office of one set apart to preach: ministreileachd. 3. agency, interposition: meadhon, meadhonachd. 4. business: gnothuch. 5. persons employed in the public affairs of a state: luchd-riaghlaidh, luchd-comhairle.

MINIUM, *s.* Luaidhe dhearg.

MINNOCK, *s.* See Mimick.

MINNOW, *s.* Bioran deamhnaidh.

MINOR, *adj.* 1. Petty, inconsiderable: beag, suarach. 2. inferior: ìosal. 3. less, smaller: a 's lugha, a 's crìona.

MINOR, *s.* Neach fuidh làn aois, neach òg, fuidh bhliadhn' thar fhichead.

MINORATE, *v. a.* Lughdaich, beagaich, cuir an lughad.

MINORATION, *s.* Lughdachadh, beagachadh, cur an lughad.

MINORITY, *s.* 1. State of being under age: mion-aois, òg aois. 2. the state of being less: lughdachd. 3. the smaller number: a' chuid a 's lugha, an t-àireamh a 's lugha, a' bheag chuid.

MINOTAUR, *s.* Uile-bheist, leth-dhuine 's leth-tairbh.

MINSTER, *s.* Cill mhanach, tigh mhanach.

MINSTREL, *s.* Clàrsair, fear-ciùil, fear cruite.

MINSTRELSY, *s.* 1. Music, instrumental harmony: ceòl, cruitearachd, clàrsaireachd. 2. a number of musicians: luchd-ciùil, coisirchiùil.

MINT, *s.* Meannt, mionnt.

MINT, *s.* Tigh-cùinidh, ionad-cùinidh.

MINT, *v. a.* 1. Coin, stamp money: cùin, cùinich. 2. invent, forge: cùin, dealbh, feall-chùin.

MINTAGE, *s.* 1. That which is coined or stamped: cùineadh. 2. the duty paid for coining: cìs-chuinidh.

MINTER, *s.* 1. A coiner: fear-cùinidh, cùineadair. 2. an inventer: fear-dealbhaidh, fear-tionnsgnaidh.

MINTMAN, *s.* Fear-cùinnidh.

MINTMASTER, *s.* 1. One who presides in coinage: uachdaran-cùinnidh. 2. one who invents: fear-dealbhaidh, fear-tionnsgnaidh.

MINUM, *s.* See Minim.

MINUTE, *adj.* Meanbh, crìon, beag, mion, caol.

4

MINUTE, *s.* 1. The sixtieth part of an hour: mionaid, trì-ficheadamh carrann na h-uaire. 2. any small space of time: seal, sealan. 3. the first draught of any agreement in writing: cunntas, sgrìobhadh aithghearr.

MINUTE, *v. a.* Thoir sìos cunntas aithghearr, sgriobh cunntas aithghearr.

MINUTE-BOOK, *s.* Leabhar-ath-chuimhneachaidh, leabhar-ghnìomh.

MINUTE-HAND, *s.* Làmh nam mionaid.

MINUTE-WATCH, *s.* Uaireadair-mhionaid.

MINUTELY, *adv.* See Minute, *adj.*

MINUTELY, *adj.* Mionaideach.

MINUTELY, *adv.* Gu mionaideach.

MINUTENESS, *s.* Meanbhachd, crìne, bigead, mionachd.

MINUTIAE, *s.* Meanbh-phoncan.

MINX, *s.* Gaorsach, caile, caile bheag-narach, guaineag.

MINY, *adj.* Slochdach, slochd-mhèinneach.

MIRACLE, *s.* Mìorbhuil, ioghnadh.

MIRACULOUS, *adj.* Mìorbhuileach, iongantach.

MIRACULOUSLY, *adv.* See Miraculous.

MIRACULOUSNESS, *s.* Mìorbhuileachd, iongantachd.

MIRADORE, *s.* Bàrr, barrabhalla.

MIRE, *s.* Poll, salachar, eabar, clàbar, làthach, druaib, aolach.

MIRE, *v. a.* Salaich, eabraich, cuir salachar air, cuir poll air.

MIRE, *s.* Seangan, sneadhan.

MIRENESS, *s.* Salchar, eabarachd, clàbar, druaibeachd.

MIRK, MIRKSOME, *adj.* Dorch, duaichnidh, doilleir.

MIRKSOMENESS, *s.* Duirche, duaichnidheachd, doilleireachd.

MIRKY, *adj.* See Mirk.

MIRROR, *s.* Sgàthan, gloine-shamhlachaidh.

MIRTH, *s.* Mire, sùgradh, cridhealachd, subhachas, fonnmhorachd, aighear, aiteas, aoibhneas.

MIRTHFUL, *adj.* Mireach, sùgrachail, cridheil, subhach, fonnmhor, ait, aighearach, aoibhneach.

MIRTHFULLY, *adv.* See Mirthful.

MIRTHLESS, *adj.* Neo-shubhach, neo-aighearach, dubhach, neo-ait, trom, muladach.

MIRY, *adj.* Salach, clàbarach, eabarach, làthachail, druaibeach.

MIS, An inseparable particle used in composition, to mark an ill sense, or depravation of the meaning: (measa), mi, do, droch.

MISACCEPTATION, *s.* Mi-sheadh, droch-sheadh.

MISADVENTURE, *s.* Mi-shealbh, donas, droch-thuiteamas, tubaist, mi-àdh.

MISADVENTURED, *adj.* Mi-shealbhach, tubaisteach, donasach.

MISADVISED, *adj.* Mi-chomhairlichte, droch-comhairlichte.

MISAFFECT, *v. a.* Fuathaich.

MISAFFECTED, *adj.* Mì-rùnach, droch-rùnach.

MIS-AFFIRM, *v. a.* Breugnaich, aithris gu mearachdach.

MISAIMED, *adj.* Mi-chuimsichte, mi-chuimseach.

MISALLEGATION, *s.* Mi-theisteas, mi-fhianuis.

Misanthrope, } s. Fear-fuathachaidh dhaoine,
Misanthropos, } fuathadair dhaoine.
Misanthropic, } adj. Fuathach air daoinibh.
Misanthropical, }
Misanthropist, s. See Misanthrope.
Misanthropy, s. Fuath do 'n chinneadh dhaonna.
Misapplication, s. Mi-bhuileachadh, droch-bhuileachadh, mi-chàireadh.
Misapply, v. a. Mi-bhuilich, droch-bhuilich, droch-càirich.
Misapprehend, v. a. Mi-thuig, mi-bhreithnich.
Misapprehension, s. Mi-thuigsinn, mi-bhreithneachadh.
Misbecome, v. n. Bi neo-chiatach, ña d' thig do.
Misbecomingness, s. Neo-chiatachd, mi-thlachdmhorachd.
Misbegot, } adj. Mi-laghail, dìolain.
Misbegotten, }
Misbehave, v. n. Rach mearachd, dean mi-bheus.
Misbehaved, adj. Mi-oileanta, mi-bheusach, droch-bheusach.
Misbehaviour, s. Droch-giùlan, mi-bheus, droch-chaithe-beatha.
Misbelief, s. Mi-chreidimh, mi-chreidsinn, saobh-chreidimh.
Misbelieve, v. n. Mi-chreid, bi mi-chreidmheach.
Misbeliever, s. Mi-chreidmheach.
Misbeseem, v. a. See Misbecome.
Misbestow, v. a. Mi-bhuilich, mi-bhàraig.
Misborn, adj. Mi-shealbhach, mi-àghmhor.
Miscalculate, v. a. Mi-chunnt, rach mearachd an cunntas.
Miscalculation, s. Mi-chunntadh, mi-àireamh.
Miscal, v. a. Mi-ainmich, càin, thoir frith-ainm air.
Miscarriage, s. 1. Ill conduct: mi-bheus, mi-ghiùlan. 2. abortion: aisead anabuich.
Miscarry, v. n. 1. Fail, succeed not: rach mearachd. 2. have an abortion: beir anabuich.
Miscast, v. a. Mi-chunnt, rach mearachd an cunntas.
Miscellaneous, adj. Measgaichte, iomadail, coimeasgta, coimisgte.
Miscellaneousness, s. Measgachd, coimisgeadh, iomadalachd.
Miscellany, s. Measgadh, measgachd, coimeasgadh, coimeasgachd.
Miscentre, v. a. Mi-shuidhich, mi-shocraich.
Mischance, s. See Misadventure.
Mischief, s. Aimhleas, cron, lochd, do-bheart, donas, dìobhal, urchoid.
Mischief, v. a. Dean aimhleas do, dean cron do, ciùrr, mill, dochannaich.
Mischiefmaker, s. Ceann-aimhleis, cean-dò-bheirt, fear-dìobhail.
Mischiefmaking, adj. Aimhleasach, cronail, lochdach, dò-bheartach.
Mischievous, adj. Aimhleasach, lochdach, aingidh, dò-bheartach, cronail.
Mischievously, adv. See Mischievous.
Mischievousness, s. Aimhleasachd, lochdachd, cronalachd, aingidheachd.

Miscible, adj. So-mheasgaidh, so-choimheasgaidh.
Miscitation, s. Mi-aithris, feall-aithris, aithris mhearachdach.
Miscite, v. a. Mi-aithris, aithris gu mearachdach.
Misclaim, s. Mi-thagradh, tagradh gun chòir.
Miscomputation, s. Mi-chunntas, cunntas mearachdach.
Misconceive, v. a. et n. See Misapprehend.
Misconceit, } s. Mi-bharail, barail mhearachdach, mi-bheachd.
Misconception, }
Misconduct, s. See Misbehaviour.
Misconduct, v. a. Mi-stiùir, mi-ṙiaghail, mi-sheòl, mi-threòraich.
Misconjecture, s. Mi-bharail, mi-bheachd, beachd mhearachdach.
Misconstruction, s. Mi-mhìneachadh, mi-sheadh, droch mhìneachadh.
Misconstrue, v. a. Mi-mhìnich, mi-thuig, tuig gu mearachdach.
Misconstruer, s. Fear-mi-mhìneachaidh.
Miscontinuance, s. Mi-chunbhalachd, mi-sheasmhachd, bacadh stad.
Miscounsel, v. a. Mi-chomhairlich, thoir droch comhairle do.
Miscount, v. a. et n. Mi-chunnt, mi-àireamh, rach mearachd an cunntas.
Miscreance, } s. Mi-chreidimh, saobh-chreidimh.
Miscreancy, }
Miscreant, s. 1. One who holds a false faith: mi-chreidmheach, saobh-chreidmheach. 2. a vile wretch: ann-spiorad, droch-dhuine, deamhan.
Miscreate, v. a. Mi-dheilbh, mi-chruthaich, mi-ṙiochdaich.
Misdate, v. a. Cuir àm mearachdach ṙi, sgrìobh àm mearachdach.
Misdeed, s. Droch-ghnìomh, do-bheart, mi-ghnìomh, droch-bheart.
Misdeem, v. a. Thoir mi-bhreith air, mi-bhreithnich.
Misdemean, v. a. See Misbehave.
Misdemeanour, s. Mearachd, droch-ghnìomh, mi-ghnìomh, coire, mi-mhodh.
Misdesert, s. Mi-thoilltinneas, droch-thoilltinneas.
Misdevotion, s. Mi-chràbhadh, saobh-chràbhadh.
Misdirect, v. a. Mi-sheòl, mi-threòraich, mi-stiùir.
Misdistinguish, v. a. Mi-thuig, mi-bhreithnich, mi-ṙoinn.
Misdisposition, s. Mi-mhèinn, droch-mhèinn, aingidheachd.
Misdo, v. a. et n. Mi-dhèan, dean cron, dean cron do, dean coire.
Misdoer, s. Mi-dhèanadair, coireach, ciontach, fear-aimhleis, fear cronail.
Misdoing, s. Coire, cron, lochd, ciont, mi-ghnìomhachadh.
Misdoubt, v. a. See Suspect.
Misdoubt, s. Amharus, teagamh, agadh.
Misdoubtful, adj. Agail, amharusach, teagamhach.
Misdread, s. Eagal, eagal uile.
Misemploy, v. a. Mi-bhuilich, cuir gu droch bhuil, mi-ghnàthaich.

Misemployment, *s.* Mi-bhuileachadh, mi-ghnàthachadh.

Miser, *s.* 1. A wretched person: truaghan, duine truagh. 2. A wretch, a mean fellow: spìocair, miodhoir, fear spìocach. 3. a wretch covetous to extremity: spìocaire, fear mìodhoir, fear sanntach.

Miserable, *adj.* 1. Unhappy, calamitous, wretched: truagh, neo-shona, ainnis, àmhgharach, dòruinneach. 2. wretched, worthless: dìblidh, suarach, tàir. 3. culpably parsimonious, stingy: gortach, gann, mìodhoir, cruaidh, spìocach.

Miserableness, *s.* Truaighe, neo-shonas, ainniseachd, àmhgharachd, dòghruinneach, dìblidheachd, tàirealachd, gortachd, gainne, spìocaireachd. See Miserable.

Miserably, *adv.* See Miserable.

Misery, *s.* 1. Wretchedness, unhappiness: truaighe, bochduinn, àmhghar, dòghruinn. 2. calamity, misfortune, cause of misery: truaighe, àmhghar, mi-shealbh, mi-shonas, aimhleas.

Misesteem, *s.* Dìmeas, tàir, cur suarach.

Misface, *s.* See Misfortune.

Misfashion, *v. a.* Mi-dhealbhaich, cuir droch cruth air, cuir an droch ṙiochd.

Misform, *v. a.* See Misfashion.

Misfortune, *s.* Mi-àdh, mi-shealbh, cruaidh-chàs, tubaist.

Misfortuned, *adj.* Mi-àdhmhor, mi-shealbhach, cruaidh-chasach, tubaisteach.

Misgive, *v. a.* 1. Fill with doubt, deprive of confidence: fàilnich, dìobair, dìobraich, cuir am mi-earbsa. 2. grant, give improperly, or amiss: mi-bhuilich, mi-bhàraig.

Misgiving, *s.* Amharus, teagamh, mi-earbsa, mi-chinnteachas.

Misgotten, *adj.* Mi-bhuannaichte, mi-choisinnte.

Misgovern, *v. a.* Mi-ṙiaghail, mi-stiùir.

Misgoverned, *adj.* Mi-ṙiaghlaichte, air dhroch ṙiaghladh.

Misgovernance, *s.* Neo-ṙiaghailteach.

Misgovernment, *s.* 1. Ill administration of public affairs: mi-ṙiaghladh, mi-stiùradh, droch ṙiaghladh. 2. ill management: mi-bhuileachadh, droch bhuileachadh, mi-steòrnadh. 3. irregularity, inordinate behaviour: mi-mheasarrachd, mi-ṙiaghailt, mi-bheus, mi-mhodh.

Misguidance, *s.* Mi-sheòladh, mi-threòrachadh, mi-stiùradh.

Misguide, *v. a.* Mi-sheòl, mi-threòraich, mi-stiùir.

Mishap, *s.* Mi-thapadh, droch thuiteamas, sgiorradh, tubaist, donas.

Mishmash, *s.* Treamsgal, breolamas, ùtrais.

Misinfer, *v. a.* Mi-bhreithnich, mi-thuig.

Misinform, *v. a.* Meall, cuir mearachd, thoir fios meallta.

Misinformation, *s.* Mealladh, fios meallaidh, mi-fhios, naidheachd mheallta.

Misinterpret, *v. a.* Mi-mhìnich, mi-bhreithnich, mi-thuig.

Misinterpretation, *s.* Mi-mhìneachadh, mi-bhreithneachadh, mi-thuigsinn.

Misjoin, *v. a.* Mi-dhlùthaich, mi-chairich, cuir ṙ' a chéile gu cearbach.

Misjudge, *v. a.* Thoir mi-bhreith, thoir droch-bhreith, thoir mi-bharail.

Misjudgement, *s.* Mi-bhreith, mi-bhreitheanas, mi-bharail.

Mislay, *v. a.* Mi-shuidhich, cuir as an rathad, cuir mearachd.

Misle, *v. n.* Sil mar bhraon, bi mìn-shilteach.

Mislead, *v. a.* Mi-sheòl, mi-threòraich, dean droch iùl do, cuir mearachd.

Misleader, *s.* Fear droch iùil, fear mi-sheòlaidh.

Mislearned, *adj.* Mi-ionnsuichte, mi-fhoghluimte.

Mislike, *v. a.* et *n.* Mi-thaitinn, mi-thoilich, bi mi-thoileach le.

Mislike, *s.* Mi-thlachd, mi-thaitneas, mi-thoil, gràin, fuath.

Misliker, *s.* Fear-fuath, fear-fuathachaidh.

Mislen, *s.* Sìol measgaichte, arbhar measgaichte.

Misluck, *s.* See Misfortune.

Mismanage, *v. a.* Mi-bhuilich, mi-ṙiaghail, mi-stiùir.

Mismanagement, *s.* Mi-bhuileachadh, mi-ṙiaghladh, mi-stiùradh.

Mismark, *v. a.* Mi-chomharraich.

Misname, *v. a.* Mi-ainmich, thoir frith ainm, thoir droch ainm air.

Misnomer, *s.* Mi-ainmeachadh, mi-shloinneadh.

Misobserve, *v. a.* Mi-bheachdaich, gabh beachd mhearachdach.

Misogamist, *s.* Fuathadair-pòsaidh.

Misogyrist, *s.* Fuathadair bhoirionnach, fuathadair bhan.

Misopinion, *s.* Mi-bheachd, mi-bharail.

Misorder, *v. a.* Mi-òrduich, mi-ṙiaghail, mi-stiùir.

Misorder, *s.* Mi-òrdugh, eas-òrdugh, mi-ṙiaghailt, mi-ṙiaghailteachd.

Misorderly, *adj.* Mi-òrdail, mi-ṙiaghailteach, eas-òrdail.

Mispend, *v. a.* Mi chaith, mi-bhuilich, mi-steòrn.

Mispender, *s.* Fear mi-chaitheimh, fear-mi-bhuileachaidh, struidhear.

Mispersuade, *v. a.* Thoir droch impidh do, cuir droch impidh air.

Mispersuasion, *s.* Droch impidh, droch earail, impidh mheallta.

Misplace, *v. a.* Cuir á 'alt, mi-shuidhich, cuir an àite mearachdach.

Mispoint, *v. a.* Mi-phongaich, mi-chomharraich.

Misprint, *s.* Clòdh-mhearachd, mearachd clòdh-bhualaidh.

Misprision, *s.* 1. Scorn, contempt: dimeas, tàir. 2. mistake, misconception: mearachd, iomrall. 3. (in common law) neglect, negligence, or oversight: dearmad, di-chuimhne, mearachd.

Misprofess, *v. a.* Mi-aidich, dean aideachadh meallta.

Mispronounce, *v. a.* Mi-labhair, labhair, no abair gu mearachdach.

Misproportion, *s.* Mi-chuimse, mi-ionannachd, mi-fhreagarrachd.

Misrecital, *s.* Mi-aithris.

Misrecite, *v. a.* Mi-aithris, mi-luaidh.
Misreckon, *v. a.* Mi-àireamhaich, mi-chunnt.
Misrelate, *v. a.* Mi-innis, mi-aithris.
Misremember, *v. a.* Mi-chuimhnich, leig air dichuimhne.
Misreport, *v. a.* See Misrelate.
Misreport, *s.* See Misrecital.
Misrepresent, *v. a.* Thoir tuairisgeul meallta air, thoir tuairisgeul docharach, thoir cunntas docharach.
Misrepresentation, *s.* Droch-thuairsgeul, tuairisgeul meallta, cunntas docharach.
Misrule, *s.* Buaireas, aimhreit, tuasaid, mi-riaghailt.
Misruly, *adj.* Buaireasach, aimhreiteach, tuasaideach, mi-riaghailteach.
Miss, *s.* 1. The term of honour to a young girl: òigh, maighdean, nighean uasal. 2. a strumpet, a concubine: strìopach, coimh-leapach, siùrsach.
Miss, *v. a.* et *n.* 1. Hit not by the mind, mistake: mearachdaich, rach mearachd, rach iomrall air, thig geàrr air. 2. hit not by manual aim: miamais, rach mearachd air. 3. fail of obtaining: thig geàrr, caill. 4. be without: ionndrainn, bi a dh' easbhuidh. 6. omit: leig seachad, di-chuimhnich, seachain. 7. perceive want of: ionndrainn. 8. fly wide, hit not: seachain, rach iomrall air. 9. succeed: caill, thig geàrr. 10. be lost, be wanting: bi air chall. 11. miscarray, fail as by accident: caill, thig geàrr, rach mearachd air. 12. miss *fire*, of a gun: diùlt.
Miss, *s.* 1. Loss, want: dìth, call, uireasbhuidh. 2. mistake, error: mearachd, iomrall.
Missal, *s.* Leabhar aifrionn.
Missay, *v. a.* Mi-abair, mi-labhair.
Missaying, *s.* Mi-abairt, mi-labhairt.
Misserve, *v. a.* Mi-sheirbhisich, dean seirbhis mheallta.
Misshape, *v. a.* Mi-chum, mi-dhealbh, cuir á cumadh.
Missile, *adj.* So-thilgidh, a thilgear as an làimh.
Mission, *s.* 1. Commission, state of being sent by supreme authority: teachdaireachd. 2. persons sent on any account, usually to propagate religion: teachdaireachd, luchd-teachdaireachd.
Missionary, } *s.* Teachdaire, searmonaiche, fear-
Missioner, } searmonachaidh, ministeir.
Missive, *adj.* A chuireadh air falbh, a thilgeadh am fad, tilgte am fad.
Missive, *s.* Litir, litir chumhachan, litir ghealltanais.
Misspeak, *v. a.* et *n.* Mi-abair, mi-labhair, dean mi-iomradh.
Mist, *s.* Ceò, ceathach, braon, doilleireachd.
Mist, *v. a.* Dorchaich, doilleirich, ceòthaich, neulaich.
Mistake. *v. a.* et *n.* Iomrallaich, rach iomrall, rach mearachd, rach air iomrall, tog iomrall.
Mistake, *s.* Mearachd, iomrall, seacharan.
Mistaken, *adj.* Meallta, mearachdach, breugach.
Mistaker, *s.* Fear-mi-bhreithneachaidh, fear-seacharain.
Mistakingly, *adv.* Gu mearachdach, gu h-iomrallach, gu meallta.

Mistate, *v. a.* Mi-innis, mi-aithris.
Mistatement, *s.* Mi-innseadh, mi-aithris, mi-iomradh.
Misteach, *v. a.* Mi-theagaisg, mi-oileanaich.
Mistell, *v. a.* See Mistate.
Misterm, *v. a.* Mi-ainmich, mi-shloinn.
Mistful, *adj.* Ceòthach, neulach, ceathachail.
Misthink, *v. a.* Mi smuainich, mi-bhreithnich, mi-bheachdaich.
Misthought, *s.* Mi-smuain, mi-bhreithneachadh, mi-bheachd.
Mistily, *adv.* See Misty.
Mistime, *v. a.* Mi-thràthaich, dean an àm neo-iomchuidh.
Mistiness, *s.* Ceothachd, neulachd, duirche, neulachas.
Mistion, *s.* Measgachadh, measgachd.
Mistletoe, *s.* Uil'-ic, uil'-ioc.
Mistlike, *adj.* Ceòmhor, ceathachail.
Mistrain, *v. a.* Mi-oileanaich, mi-theagaisg.
Mistranslate, *v. a.* Mi-thionndaidh, mi-eadartheangaich.
Mistranslation, *s.* Mi-thionndadh, mi-eadartheangachadh.
Mistress, *s.* 1. A woman who governs: banmhaighstir. 2. a woman who has something in possession: ban-sheilbheadair. 3. a woman skilled in any thing: bean ealanta, bean-theagaisg. 4. a woman beloved and courted: leannan. 5. a whore, a concubine: strìopach, coimh-leapach.
Mistress-ship, *s.* Ban-mhaighstreachd.
Mistrust, *s.* Teagamh, an-earbsa, dìth barantais, mi-chreideas.
Mistrust, *v. a.* Teagamhaich, cuir an teagamh, mi-chreid, cuir amharus ann.
Mistrustful, *adj.* Teagamhach, amharusach, mi-earbsach, mi-chreideasach.
Mistrustfulness, *s.* Teagamhachd, amharusachd, mi-earbsachd, mi-chreideasachd.
Mistrustfully, *adv.* See Mistrustful.
Mistrustless, *adj.* Neo-theagamhach, neo-amharusach, creideasach.
Mistune, *v. a.* Mi-ghleus, cuir á fonn.
Mistutor, *v. a.* See Misteach.
Misty, *adj.* 1. Clouded, overspread with mists: ceòthach, ceathachail. 2. obscure, dark, not plain: dorch, doilleir, neulach, duaichnidh, neo-shoilleir.
Misunderstand, *v. a.* Mi-thuig, mi-bhreithnich, tog mearachd.
Misunderstanding, *s.* 1. Dissension, difference, disagreement: aimhreit, mi-chòrdadh. 2. error, misconception: mi-thuigse, mearachd, mi-bhreithneachadh.
Misusage, *s.* Droch bhuileachadh, mi-bhuileachadh, droch càireadh.
Misuse, *v. a.* Mi-bhuilich, droch-càirich, droch-laimhsich.
Misuse, *s.* Mi-fheum, mi-bhuileachadh, droch càireadh, droch-laimhseachadh.
Miswear, *v. a.* Mi-chaith.
Miswrite, *v. a.* Mi-sgrìobh.
Miswrought, *adj.* Mi-oibhrichte, mi-dhèanta.

Mite, *s.* 1. A small insect found in cheese or corn, a weevil: fìonag. 2. any thing proverbially small, the third part of a farthing: ni air bith ro chrìon, dara carrann deug sgillinn. 3. a small particle: smad, dad, dadmunn.
Mitigable, *adj.* So-lughdachaidh, so-lasachaidh, so-eutromachaidh.
Mitigant, *adj.* Lughdachail, lasachail caisgeach.
Mitigate, *v. a.* 1. Alleviate, make mild, assuage: lasaich, sèimhich, ciùinich. 2. temper, make less rigorous: ceannsaich, caisg, dean tais. 3. mollify, make less severe, soften: bogaich, taisich, maothaich. 4. cool, moderate: fuairich, fionnaraich.
Mitigation, *s.* Lasachadh, sèimheachadh, ciùineachadh, ceannsachadh, casgadh, bogachadh, maothachadh. See Mitigate.
Mitre, *s.* Crùn easbuig.
Mitred, *adj.* Crùnta mar easbuig.
Mittens, *s.* Miotagan, managan.
Mittimus, *s.* Òrdugh prìosanachaidh.
Mix, *v. a.* et *n.* Measgaich, coimisg, comh-mheasgaich, cuir troimh chéile.
Mixen, *s.* Òtrach, dùnan.
Mixer, *s.* Fear-measgachaidh, fear-coimeasgaidh.
Mixtion, *s.* Measgachadh, comh-mheasgachadh, coimeasgadh.
Mixtly, *adv.* Gu measgaichte, gu coimeasgta.
Mixture, *s.* Measgachadh, measgadh, coimeasgadh, coimeasg.
Mizmaze, *s.* Ionad-aimhreit, iom-chuairtean.
Mizenmast, *s.* Crann-deiridh.
Mizzle, *v. n.* See Misle.
Mizzy, *s.* Fèith, boglach, eabar, sùil-cruthaich.
Moan, *v. a.* et *n.* Caoidh, guil, dean caoidh, gearain, caoin, dean cumhadh, dean tuireadh.
Moan, *s.* Caoidh, gearan, acain, iargain, caoineadh, tuireadh.
Moanful, *adj.* Caoidheach, gearanach, acaineach, tuirseach.
Moanfully, *adv.* See Moanful.
Moat, *s.* Dìg, ruith uisge mu dhìdean, clais.
Moat, *v. a.* Cladhaich dìg, tarruing clais uisge mu.
Mob, *s.* Gràisg, prabar, dòmhlachd sluaigh, buidheann ghràisgeil.
Mob, *v. a.* Dean tuasaid, tog buaireas, tog gràisg, cuir gràisg ri.
Mobbish, *adj.* Gràisgeil, tuasaideach, prabarach.
Mobile, *s.* See Mob, *s.*
Mobility, *s.* 1. Power of being moved: so-ghluaisteachd. 2. nimbleness, activity: luaths, ealamhachd. 3. the populace: gràisg. 4. feebleness, inconstancy: neo-sheasmhachd, gluasadachd, luaineachas.
Moble, *v. a.* Fill suas, iom-fhill, cuir umad.
Mock, *v. a.* et *n.* 1. Deride, laugh at, ridicule: mag, dean magadh, dean fanoid air, dean sgeig air, sgeig. 2. deride by imitation, mimick in contempt: dean atharrais air. 3. defeat, elude: meall, thoir an car á.
Mock, *s.* 1. Ridicule, act of contempt, fleer, sneer, gibe: magadh, fochaid, fanoid, sgeig. 2. imitation, mimickry: atharrais.
Mock, *adj.* Meallta, faoin, suarach, breugach.
Mockable, *adj.* So-mhagaidh, ion-fhochaideach.
Mocker, *s.* 1. One who mocks, a scorner, a scoffer: fear fanoid, fear fochaid, fear-sgeig, sgeigear. 2. a deceiver, an illusory impostor: mealltair, fear-meallaidh, fear carach.
Mockery, *s.* 1. Derision, scorn, sportive insult: fanoid, fochaid, magaidh, sgeig, abhacas. 2. sport, subject of laughter: culaidh-bhùird, ceann-abhacais. 3. vanity of attempt, delusory labour, vain effort: dìomhanas. 4. imitation, counterfeit appearance: atharrais.
Mocking, *s.* Fanoid, fochaid, sgeig, magadh.
Mocking-stock, *s.* Ball-magaidh, culaidh-bhùird, ball-abhacais.
Mockingly, *adv.* Gu fanoideach, gu fochaideach, gu sgeigeil.
Mode, *s.* 1. External variety, accidental discrimination: modh, dòigh, gnè. 2. gradation, degree: meudachd, meud. 3. manner, method, form, fashion: modh, tuar, seòl, coltas, dreach, cumadh. 4. state, quality: gnè, bith. 5. fashion, custom: modh, rian, gnaths.
Model, *s.* 1. A representation in little, of something made or done: dealbh, dealbhan, cumachd. 2. a copy to be imitated: samhladh. 3. a mould: cumadair, inneal-cumaidh. 4. standard, that by which any thing is measured: riaghailt, tomhas.
Model, *v. a.* Dealbh, cum, riochdaich.
Modeller, *s.* Fear-dealbhaidh, dealbhadair, cumadair.
Moderate, *adj.* 1. Temperate, not excessive: measarra, cuimseach. 2. not hot of temper: ciùin, stuama, sèimh, suairc. 3. not luxurious, not expensive: measarra, stuama. 4. not extreme in opinion, not sanguine in a tenet: meadhonach, leth-chreidmheach, stuama. 5. placed between extremes, holding the mean: meadhonach, eadarmheadhonach. 6. of the middle rate: meadhonach, cuibheasach.
Moderate, *v. a.* et *n.* 1. Regulate, restrain, still, pacify, repress: caisg, ciùinich, ceannsaich. 2. make temperate, qualify: riaghail, dean measarra. 3. decide as a moderator: thoir breth, thoir binn. 4. precide in a disputation, and regulate the controversy: riaghail, cum riaghailt.
Moderately, *adv.* See Moderate.
Moderateness, *s.* Measarrachd, stuamachd, ciùineas, sèimheachd.
Moderation, *s.* 1. Forbearance of extremity, the contrary temper to party violence: stuamachd, ciùineas, ciùineachd. 2. calmness of mind, equanimity, ciùineachd, stuam. 3. frugality in expense: cuimse, measarrachd.
Moderator, *s.* 1. The person or thing that calms or restrains: fear ciùineachaidh, fear-ceannsachaidh, fear-casgaidh. 2. one who presides in a disputation: fear-riaghlaidh, ceann-suidhe.
Modern, *adj.* Ur, nuadh, neo-shean.
Modernize, *v. a.* Dean ùr, ùraich.
Moddernness, *s.* Ùrachd, nuadhachd.
Modest, *adj.* 1. Not arrogant, not presumptuous,

not boastful: neo-dhana, màlda, stuama. 2. not imprudent, not forward: màlda, nàireach, banail. 3. not loose, not unchaste, decent: measarra, geanmuidh, beusach. 4. not excessive, not extreme: cuimseach, measarra.

Modestly, *adv.* See Modest.

Modesty, *s.* Neo-dhànachd, màldachd, stuamachd, banalas, measarrachd, cuimseachd, beusachd.

Modicum, *s.* Cuibhrionn bheag, beagan, ni beag.

Modification, *s.* Mùthadh, atharrachdh, dealbhadh.

Modify, *v. a.* et *n.* 1. Change the external qualities or accidents of any thing, shape: atharraich, mùth, dealbh, cum. 2. soften, moderate, qualify: ciùinich, mìnich, ìslich, beagaich. 3. extenuate: lagaich, lughdaich.

Modish, *adj.* Fasanta, ùr-ghnàthach, nòsach.

Modishly, *adv.* See Modish.

Modishness, *s.* Fasantachd, ùr-ghnàthachd, nòsachd.

Modulate, *v. a.* Dean ceòl, seinn, cuir fonn ciùil air.

Modulation, *s.* Gleusadh, gleus, fonn-thogail, fonn-mhorachd, binneas.

Modulator, *s.* Fear-gleusaidh, fear-togail fuinn, fear-ciùil.

Module, *s.* Cruth, riochd, samhlachadh.

Modus, *s.* Cuimse laghail, dìoladh-deachaimh.

Moe, *adj.* Mò, a 's mò. See More.

Moiety, *s.* Leth, earrann, bloigh, leth-chuid, cuid.

Moil, *v. a.* et *n.* 1. Daub with dirt, defile: eabraich, salaich, làbanaich. 2. weary: sgìthich, sàruich. 3. labour in the mire: treachaill, oibrich 's an làthaich, luidrich.

Moist, *adj.* 1. Wet, not dry, wet in a small degree: àitidh, bog, tais. 2. juicy, succulent: brìoghmhor, sùghmhor.

Moist, Moisten, } *v. a.* Taisich, dean tais, dean àitidh, fliuch, uisgich.

Moistness, *s.* Àitidheachd, buige, taiseachd.

Moisture, *s.* 1. State of being moist, moderate wetness: àitidheachd, fluiche, buige. 2. a small quantity of liquid: sileag, boinne beag.

Moisty, *adj.* Silteach, min-shilteach, fliuch.

Mokes, *s.* Moguill lìn.

Moky, *adj.* Dorcha, doilleir, duaichnidh, mùgach.

Mole, *s.* 1. A natural spot, or dis-colouration of the body: ball-dobhrain. 2. a mound, a dyke: mol, ach, gàradh, being. 3. a small beast that works under ground: famh, fath, fath-mhùgach, ùir-reathadh.

Molecast, *s.* Ùir-fhatha, tom-fhatha, dùnan fhamh.

Molecatcher, *s.* Glacadair-fhamh, famh-shealgair.

Molecule, *s.* Meallan, mìrean.

Molehill, *s.* See Molecast.

Molest, *v. a.* Sàruich, deuchainnich, cuir dragh air, buair.

Molestation, *s.* Sàruchadh, deuchainneachadh, buaireadh.

Molester, *s.* Fear-sàruchaidh, fear-deuchainneachaidh, fear-buairidh.

Molestful, *adj.* Sàruchail, deuchainneach, draghail, buaireasach.

Moletrack, *s.* Famh-threabhadh, famh-slighe.

Mollient, *adj.* Taiseachail, maoth.

Mollifiable, *adj.* So-thaiseachaidh, so-mhaothachaidh.

Mollification, *s.* 1. Act of mollifying, or softening: taiseachadh, maothachadh. 2. pacification, mitigation: ciùineachadh, sìtheachadh.

Mollifier, *s.* 1. That which softens, that which appeases: fear-taiseachaidh, fear-maothachaidh, fear-casgaidh, casgadair. 2. he that pacifies or mitigates: fear-sìtheachaidh, fear-ciùineachaidh.

Mollify, *v. a.* Soften, make soft: bogaich, taisich, maothaich. 2. assuage: caisg, ceannsaich, ìslich, ciùinich. 3. appease, pacify, quiet: sìthich, stòldaich. 4. qualify, lessen any thing harsh or burdensome: lasaich, eutromaich.

Molten, *part.* Leaghta.

Moly, *s.* Creamh, an creamh.

Mome, *s.* Burraidh, ùmaidh, umpaidh, maolanach, clod-cheann.

Moment, *s.* 1. Consequence, importance, weight, value: cudthrom, cudthromachd, toirt, brìgh, luach, toradh. 2. force, impulsive weight, actuating power: neart, treis. 3. an indivisable particle of time: tiota, plathadh, priobadh na sùla.

Momental, *adj.* See Momentous.

Momently, *adv.* Am plathadh, an tiota.

Momentaneous, Momentary, } *adj.* Grad, goirid, ro-ghearr, mionaideach.

Momentous, *adj.* Cudthromach, cùramach, feumail, toirteil, brìoghmhor.

Momentum, *s.* Neart, treis, cudthrom.

Monachal, *adj.* Manachail.

Monachism, *s.* Manachd, beatha manaich, manachas.

Monad, Monade, } *s.* Dadmun, smad, smadan.

Monadical, *adj.* Dadmunnach, smadanach.

Monarch, *s.* Rìgh, uachdaran, àrd-fhlath.

Monarchal, *adj.* Rìoghail, àrd-fhlathail.

Monarchess, *s.* Ban-rìgh.

Monarchial, *adj.* Rìoghail.

Monarchical, *adj.* Rìoghail, aon-fhlathach.

Monarchy, *s.* 1. The government of a single person: aon-fhlathachd. 2. kingdom, empire: rìoghachd.

Monastery, *s.* Tigh mhanach, cill mhanach, abaid.

Monastic, Monastical, } *adj.* Manachail, mar mhanach, aonaranach.

Monastically, *adv.* See Monastic.

Monastic, *s.* See Monk.

Monday, *s.* Di-luain.

Money, *s.* Airgiod.

Moneybroker, Moneychanger, } *s.* Fear-malairt airgid.

Moneyed, *adj.* Airgiodach, beartach, saoibhir.

Moneyer, *s.* 1. One that deals in money, a banker: fear malairt airgid. 2. a coiner of money: cùinneadair, fear-cùinnidh.

Money-lender, *s.* Iasadaiche-airgid.

Moneyless, *adj.* Gun airgiod, bochd, aimbeartach.

Moneymatter, *s.* Cùis airgid.

Moneysworth, *s.* Luach airgid, luach peghinn.

Mongcorn, *s.* See Maslin.
Monger, *s.* Fear reic is ceannach, ceannaiche.
Mongrel, *adj.* Truaillidh, measgaichte, eadar dà ghnè.
Mongrel, *s.* Measgadh, beathach eadar dhà ghnè.
Moniment, *s.* 1. A memorial a record: cuimhneachan. 2. a mark, a superscription, an image: comharradh, dealbh.
Monish, *v. a.* See Admonish.
Monition, *s.* 1. Information, hint: rabhadh sanas. 2. instruction, document: comhairle, earail, teagasg, fianuis.
Monitive, *adj.* Earaileach, comhairleach, teagasgach.
Monitor, *s.* Comhairleach, fear-sanais, fear-teagaisg.
Monitory, *adj.* Comhairleach, earaileach, teagasgach, sanasach.
Monitory, *s.* Comhairle, earail, teagasg, sanas.
Monk, *s.* Manach.
Monkey, *s.* Apa, ap, apag, apan.
Monkery, *s.* Manachd, manachas.
Monkhood, *s.* See Monkery.
Monkish, *adj.* Manachail, aonarach.
Monocular, Monoculous, *adj.* Leth-shuileach, aon-shuileach.
Monody, *s.* Duan aoin fhir, marbhrann.
Monogamist, *s.* Fear toirmisg dà phòsadh.
Monogamy, *s.* Aon phòsadh, pòsadh aoin mhnà.
Monologue, *s.* Féin-labhairt, labhairt leis féin.
Monomachy, *s.* Còmhraig deise, còmhrag dhithis.
Monopathy, *s.* Fulang aonaranach.
Monopetalous, *adj.* Aon-duilleach, aon-duilleagach.
Monopolist, *s.* Aon-reiceadair, fear-seilbh margaidh.
Monopolize, *v. a.* Faigh aon-chòir reicidh, glac margadh slàn.
Monopolizer, *s.* Aon-reiceadair, fear-glacadh margaidh.
Monopoly, *s.* Làn chòir reice, aon reic.
Monosyllabical, *adj.* Aon-shiollach.
Monosyllable, *s.* Focal aoin siollaidh.
Monosyllabled, *adj.* See Monosyllabical.
Monotone, *s.* Aon-fhuaimneachd.
Monotonical, Monotonous, *adj.* Aon-fhuaimeach, aon-ghuthach.
Monotony, *s.* See Monotone.
Monster, *s.* 1. Something out of the common order of nature: ni gràineil, gràinealachd, ni minàdurra. 2. something horrible for deformity, wickedness, or mischief: uile-bheist, cùis-eagail, cùis-uamhais, cùis-oillte.
Monstrosity, Monstruosity, *s.* Oilltealachd, gràinealachd, mi-nàdurrachd, uamhasachd.
Monstrous, *adj.* 1. Deviating from the stated order of nature: mi-nàdurra. 2. strange, wonderful: fuathasach, oillteil. 3. irregular, enormous: eu-cneasda, uamhasach, aibheiseach. 4. shocking, hateful: oillteil, sgreataidh, fuathmhor. 5. full of monsters: uile-bheisteach.
Monstrously, *adv.* See Monstrous.
Monstrousness, *s.* Mi-nàdurrachd, oilltealachd, eu-cneasdachd, uamhasachd, oilltealachd, sgreatachd, fuathmhorachd. See Monstrous.
Monters, *s.* Currachd marcaiche.
Month, *s.* Mìos.
Month's-mind, *s.* Miann, dùrachd, déigh.
Monthly, *adj.* Mìosach, mìosail, mìosachail.
Monthly, *adv.* See Monthly, *adj.*
Monument, *s.* Cuimhneachan, cuimhneachan mairbh, carragh, càrn, leac, barpa, càrn-cuimhne.
Monumental, *adj.* Cuimhneachail, uaigheach, càrnach, carraghach.
Monumentally, *adv.* See Monumental.
Mood, *s.* 1. The form of an argument: seòl, gleus, dòigh, suidheachadh. 2. temper of mind, state of mind as afflicted by any passion: fonn, freumh, gleus, suidheachadh. 3. anger, rage, heat of mind: corruich, fraoch, friodh, greann.
Moodily, *adv.* See Moody.
Moodiness, *s.* Fearg, feargachd, corruich.
Moody, *adj.* 1. Angry, out of humour: feargach, muiteil, gruamach, greannach. 2. sad, pensive, melancholy: tuirseach, tiamhaidh, trom, muladach, brònach, dubhach. 3. violent, furious, raging: cas, bras, freargach, ainteasach.
Moon, *s.* 1. The luminary of the night: gealach, ré, luan. 2. a month: mìos.
Moon-beam, *s.* Gath-gealaich.
Moon-calf, *s.* 1. A monster: uile-bheist. 2. a dolt, a stupid fellow: burraidh, clod-cheann, amhlair.
Moon-eyed, *adj.* Leth-dhall, rosp-shuileach.
Moonish, *adj.* Luaineach, neo-sheasmhach.
Moonlight, *s.* Solus-gealaich.
Moonling, *s.* Ùmaidh, amadan tamhasg.
Moonshine, *s.* Solus gealaich, faileas gealaich, faoineas.
Moonstruck, *adj.* Mearanach, luaineach, gòrach.
Moor, *s.* 1. A march, a fen, a bog, a track of low and watery grounds: monadh, réidh mhonadh, mòinteach, sliabh, lòn, boglach. 2. a negro, a blackamoor: duine dubh.
Moor, *v. a.* et *n.* Cuir air bhuill, tilg acair, daingnich, bi air bhuill, bi acaraichte.
Moorcock, *s.* Coileach fraoich, ruadh choileach.
Moor-game, *s.* Eòin fhraoich.
Moorhen, *s.* Cearc-fhraoich.
Moorish, *adj.* 1. Fenny, marshy, watery: mòinteachail, mòintidh, bog, lòinteach. 2. belong to the moors, denoting moors: dubh, mar dhaoine dubha.
Moorland, *s.* Mòinteach, sliabh, lòn, boglach.
Moory, *adj.* See Moorish, 1.
Moot, *v. a.* et *n.* Tagair, conspoidich, dean tagradh dìomhain, dean-conspoid dhìomhain.
Moot, *s.* Cùis-thagraidh, ceann-conspoid.
Mootcase, or point, Cùis-thagraidh, cùis gun socruchadh.
Moot-hall, Moot-house, *s.* Tigh mòid, mòd-thigh.
Mooting, *s.* Tagradh, deaspoireachd, conspoid dhìomhain.
Mooted, *adj.* Spìonta á bun.

Mooter, *s.* Fear-tagraidh, fear-deasboireachd dhìomhain.

Mop, *s.* 1. Pieces of cloth, or locks of wool fixed to a long handle, for cleaning floors: moibeal, moibean, sguabach, sguab làir. 2. a wry mouth, or grin made in contempt: beul cam, fiaradh beoil.

Mop, *v. a.* Moibeanaich, sguab.

Mop, *v. n.* Dean beul cam, cuir beul cam ort.

Mope, *v. a.* et *n.* 1. Make spiritless, deprive of natural powers: dean trom, dean neo-shunndach, dean neo-thapaidh. 2. be stupid, be in a constant day-dream, be drowsy, or spiritless: bi trom, bi neo-shuimeil, bi neo-shunndach, bi turra-chodalach, bi tuirseach.

Mope, *s.* Clod-cheann, burraidh, amhlair.

Mope-eyed, *adj.* 1. Blind of one eye: cam, aon-shuileach. 2. short-sighted, pur-blind: geàrr-fhradharcach.

Mopish, *adj.* Neo-shunndach, neo-chridheil, trom, dubhach.

Mopishness, *s.* Neo-shunndachd, neo-chridhealas, truime, dubhaiche.

Moppet, } **Mopsey**, } *s.* 1. A puppet made of rags, as a mop is made: bòchdan, fear bréige, sgàth. 2. a fondling name for a girl: cuilean, cruinneag.

Mopus, *s.* Clod-cheann, lunndair, rong, slaodaire.

Moral, *adj.* Beusach, dleasdanach, giùlanta, subhaileeach, modhail.

Moral, *s.* 1. Morality, practice, or doctrine of the duties of life: beus, modh, modhalachd. 2. the doctrine inculcated by a fiction: beus-theagasg, modh-bhrìgh.

Moralist, *s.* 1. One who teaches the duties of life: fear-teagaisg bheus, beus-oide, fear mhodhannan. 2. a mere moral man: fear deas-ghnathach, suairceau.

Morality, *s.* Beusachd, beusalachd, modhalachd, subhailcean.

Moralization, *s.* Beus-mhìneachadh, modh-mhìneachadh.

Moralize, *v. a.* et *n.* 1. Make moral: dean beusach, dean modhail. 2. apply to moral purposes, explain in a moral sense: tog beus-theagasg, teagaisg beusan. 3. speak, or write on moral subjects: labhair mu bheusaibh, sgrìobh mu bheusaibh.

Moralizer, *s.* Fear-teagaisg bheusan, beus-oide, modh-oide.

Morally, *adv.* See Moral, *adj.*

Morals, *s.* Beusan, modhannan, subhailcean.

Morass, *s.* Boglach, mòinteach, fèith, lòn.

Morassy, *adj.* Boglach, mòinteachail, fèitheach, lòinteach.

Morbid, *adj.* Tinn, euslan, euslainteach, eucaileach, galarach.

Morbidness, *s.* Euslanachd, euslainteachd, eucaileachd, galarachd.

Morbific, } **Morbifical**, } *adj.* Euslainteach, galarach, neo-fhallain.

Morbose, *adj.* Euslan, tinn, breòite galarach.

Mordacious, *adj.* Bìdeach, bìdeagach, creimeach.

Mordacity, *s.* Bìdeachas, creimeachas.

Mordication, *s.* Gearradh, creimeadh, gonadh, bìdeadh.

More, *adj.* 1. In greater quantity, in greater degree: mò, a 's mò, ni 's mò, ni bu mhò. 2. in greater number: ni 's lionmhoire, a 's lìonmhoire. 3. added to a former number: tuilleadh, fathast, a 's mò, ni 's mò.

More, *adv.* 1. To a greater degree: ni 's mò, ni bu mhò. 2. the particle that forms the comparative degree; in Gaelic, either the substantive noun *ni*, and the substantive verb *is*, *'s*, *or*, *bu*; or the relative pronoun *a*, with the same verb: ni 's, a 's. 3. again, a second time: tuilleadh, tuilleadh fòs, fòs, a rìs, fathast. 4. longer, yet continuing, with the negative particle: ni 's mò.

More, *s.* Tuilleadh, barrachd.

Moreland, *s.* Àirde, àrd, bràighe, àrd-fhearann.

Moreover, *adv.* Os bàrr, a thuilleadh air, tuille fòs, cuideachd, a thuilleadh eile, a thuilleadh air sin, a thuilleadh air so.

Morglay, *s.* Mòr-chlaidheamh, claidheamh mòr.

Morigerate, *v. a.* Bi ùmhal, thoir ùmhlachd do.

Morigeration, *s.* Ùmhlachd, géill.

Morigerous, *adj.* Ùmhal, strìochdach, èasgaidh.

Morion, *s.* Clogaid, ceann-bheart.

Morkin, *s.* Clasach fiadh bheathaich, cairbh.

Morling, } **Mortling**, } *s.* Marbh-chlòimh, clòimh-clasaich.

Mormo, *s.* Bòchdan, taibhse, sgàth.

Morn, } **Morning**, } *s.* Maduinn, moch-thra.

Morning, *adj.* Maduinneach, moch, moch-thrathach.

Morning-gown, *s.* Gùn maidne.

Morning-star, *s.* Reul-mhaidne, reul na maidne, maidneag, maduinneag.

Morose, *adj.* Gruamach, doirbh, dùr, neo-aoidheil, deacair, crosda.

Morosely, *adv.* See Morose,

Moroseness, } **Morosity**, } *s.* Gruamaiche, doirbheachd, dùire, neo-aoidhealachd, deacaireachd, crosdachd.

Morphew, *s.* Mùir, luibhre.

Morrow, *s.* 1. The morning: maduinn. 2. the day after the present day: màireach, am màireach, an là màireach. To-morrow: am màireach, an lath 'r na mhàireach.

Morse, *s.* Each mara.

Morsel, *s.* Greim, crioman, criomag, mìr, làn-beòil, bìdeag, rud beag.

Morsure, *s.* Teumadh, creimeadh, cagnadh.

Mort, *s.* 1. A tune sounded at the death of the game: caithream-seilge, iolach-seilge. 2. a great quantity: mòran. 3. a salmon in the third year of its growth: bradan trì-bhliadhnach.

Mortal, *adj.* 1. Subject to death: bàsmhor. 2. deadly, destructive, procuring death: marbhtach, sgriosail. 3. inferring divine condemnation: bàsmhor. 4. human, belonging to man: daonna, talmhaidh.

Mortal, *s.* Duine, cré, creutair.

Mortality, *s.* 1. Subjection to death: bàsmhorachd. 2. death: bàs. 3. power of destruction: marbhtachd, sgriosalachd. 4. frequency of death: bàsmhorachd, marbhtachd. 5. human nature: nàdur daonna, talmhaidheachd, daonnachd.

Mortalize, *v. a.* Dean bàsmhor, fàg bàsmhor.

Mortally, *adv.* See Mortal, *adj.*

Mortar, *s.* 1. A strong vessel in which materials are broken by being pounded with a pestle: mortair, bràth-spìosraidh, soitheach-pronnaidh. 2 a short wide cannon out of which bombs are thrown: gunna mòr thoirm-shligean. 3. cement made with lime, sand, and water: làthach, aol-tàthaidh, criadh-aol.

Mortgage, *s.* Geall-dìolaidh, geall-fhiachan, geall-ainmheich.

Mortgage, *v. a.* Thoir an geall, thoir seachad an geall-ainmheich.

Mortagee, *s.* Fear-gabhail gheall-dìolaidh.

Mortager, *s.* Fear-tabhairt gheall-dìolaidh.

Mortiferous, *adj.* Marbhtach, sgriosail.

Mortification, *s.* 1. The state of corrupting, or losing the vital qualities, gangrene: grodadh, breothadh. 2. destruction of active qualities: bàsthabhairt, claoidh. 3. the act of subduing the body by hardships and macerations: smachdachadh cuirp, corp-chlaoidheadh. 4. humiliation, subjection of the passions: claoidh, claoidheadh, ceannsachadh. 5. vexation, trouble: doilgheas, cachdan.

Mortifiedness, *s.* Claoidhteachd, ceannsachd.

Mortifier, *s.* Fear-claoidhidh, fear-ceannsachaidh.

Mortify, *v. a.* et *n.* 1. Destroy vital qualities: marbh, thoir bàs do. 2. destroy active powers, or essential qualities: cuir as do, marbh. 3. subdue inordinate passions: claoidh, ceannsaich, smachdaich. 4. macerate, harass, in order to reduce the body to compliance with the mind: smachdaich. 5. humble, depress, vex: ìslich, cuir doilghios air. 6. gangrene, corrupt: grod, fàs grod, breoth. 7. be subdued, die away: seargas, caith as.

Mortise, *s.* Clais, locair, toll-alpaidh, clais-alpaidh.

Mortise, *v. a.* Tàth, snaidhm, alp.

Mortmain, *s.* Seilbh-beatha, oighreachd.

Mortuary, *s.* 1. A burial place: cladh, àit-adhlaic, bàghan. 2. a gift left by a man at his death to his parish church: naomh-dhéirc, dìleabh do 'n eaglais.

Mosaic, Mosaical, *adj.* Iom-dhealbhach, iom-dhathach, riochd-dhealbhach.

Mosaic, Mosaical, *adj.* A bhuineas do lagh, agus do fhrithealadh Mhaois.

Mosque, *s.* Eaglais Thurcach.

Moss, *s.* 1. A plant: còinneach. 2. a morass, or boggy place: mòinteach, mòine, slochd mhèintich.

Moss, *v. a.* Còmhdaich le còinneach.

Mossy, *adj.* Còinneachail, mòinteachail.

Most, *adj.* 1. A 's mò, bu mhò. The most part: a' chuid a 's mò.

Most, *adv.* See Most, *adj.*

Most, *s.* A' chuid a 's mò, a' mhòr chuid.

Mostly, *adv.* Mar a 's trice, a' chuid a 's trice, cha mhòr ṅach, 's beag ṅach.

Motation, *s.* Gluasad.

Mote, *s.* Dùradan, smùirnean, càimean.

Mote, *s.* Mòd, coinneamh, còmhdail.

Moth, *s.* Leomann, raodan, reudan, cnuimh.

Moth-eaten, Mothen, *adj.* Leomannach, reudanach.

Mother, *s.* Màthair. Mother-in-law: màthair-chéile, màthair-céile. Step-mother, or nursing mother: muime. God-mother: muime, ban-ghoistidh. *Mother*, a thick substance in liquors: dèasgann.

Mother, *adj.* Màthaireil.

Mother, *v. n.* Fàs dèasgannach.

Motherhood, *s.* Màthaireachd.

Motherless, *adj.* Gun mhàthair.

Motherly, *adj.* Màthaireil, caomh, bàigheil, caoimhneil.

Motherly, *adv.* See Motherly, *adj.*

Mothery, *adj.* Dèasgannach.

Mothy, *adj.* Leomannach, reudanach.

Motion, *s.* 1. The act of changing place: gluasad, carachadh, car. 2. animal life and action: comasgluasaid, deò, beatha. 3. manner of moving the body, port, gait: gluasad, siubhal, ceum. 4. military march, or remove: siubhal, triall, gluasad. 5. agitation, intestine action: gluasad. 6. direction, tendency: siubhal, triall. 7. impulse communicated: gluasad. 8. tendency of the mind, thought impressed: gluasad. 9. proposal made: tairgse, oidheirp, iarrtas, comhairle.

Motion, *v. a.* et *n.* Comhairlich, tairg, dean iarrtas air son.

Motionless, *adj.* Neo-ghluasadach, gun gluasad, gun charachadh.

Motive, *adj.* Gluasadach, a ghluaiseas, a bheir carachadh.

Motive, *s.* Togradh, rùn, aobhar, aobhar-brosnuchaidh.

Motely, *adj.* Iom-dhathach, iom-ghnèitheach, measgaichte.

Motor, *s.* Fear-gluasaid, fear-carachaidh, gluaiscadair.

Motory, *adj.* Gluasadach, carachail.

Motto, *s.* Focal suaicheantais, sgrìobhadh suaichcantais.

Movable, *adj.* See Moveable.

Movables, *s.* See Moveables.

Move, *v. a.* et *n.* 1. Put out of one place to another, put in motion: gluais, atharraich, caraich. 2. give an impulse to: gluais, cuir air ghluasad. 3. propose, recommend: comhairlich, guidh air son. 4. persuade, prevail on: cuir impidh air, aom gu. 5. affect, touch pathetically, stir passion: gluais, tog, buin ṙi, brosnuich. 6. make angry: feargaich, brosnuich. 7. put into commotion: buair, luaisg. 8. incite, produce by incitement: tog, brosnuich. 9. conduct regularly in motion: stiùir. 10. be in a state of changing place: gluais, caraich, bi air ghluasad. 11. have a particular direction of passage: imich, siubhail. 12. go from one

place to another: imich, rach, siubhail, gluais. 13. have vital action: bi beò, bi gluasadach. 14. walk, bear the body: imich, ceumnaich, gluais. 15. march as an army: imich, siubhail, triall. 16. go forward: rach air aghaidh, gluais. 17. change the posture of the body in ceremony: caraich, gluais.

Move, *s.* Gluasad, carachadh, car.

Moveless, *adj.* Do-ghluasad, neo-ghluasadach.

Movement, *s.* Gluasad, carachadh, car.

Movent, *adj.* Gluasadach.

Mover, *s.* 1. The person or thing that gives motion: fear-gluasaid, fear-carachaidh, gluasadan. 2. a proposer: fear-comhairleachaidh, tairgsear.

Moving, *s.* Gluasad, carachadh.

Moving, *adj.* Drùighteach, brònach, muladach, tuirseach.

Movingly, *adv.* See Moving *adj.*

Movingness, *s.* Drùighteachd, muladachd, tuirseachd.

Mould, *s.* 1. A kind of concretion on the top or outside of things kept motionless or damp: liathtas. 2. earth, soil: fonn, ùir, talamh. 3. matter of which any thing is made: stuth, dealbh. 4. the matrix in which any thing is cast: molltair, cumadair. 5. cast, form: dealbh, cruth, cumachd. 6. a spot: ball.

Mould, *v. a.* et *n.* 1. Form, shape, model: dealbh, riochdaich, cum. 2. knead: fuin, taoisinn. 3. contract concreted matter, gather mould, rot: lobh, fàs liath, liathaich. 4. cover with mould, corrupt by mould: thoir liathlas air.

Mouldable, *adj.* So-dhealbhaidh, so-chumaidh.

Moulder, *s.* Fear-dealbhaidh, dealbhadair, cumadair.

Moulder, *v. a.* et *n.* 1. Turn to dust, crumble: crìon, tionndaidh gu luaithre, fàs 'n ad luaithre, crìon.

Mouldiness, *s.* Liathtas.

Mouldwarp, *s.* Famh, famh-thalmhainn, famh mhùgach.

Mouldy, *adj.* Air liathadh, liathtasach.

Moult, *v. n.* Tilg na h-itean.

Mounch, Maunch, *v. a.* Cagainn, cnàmh.

Mound, *s.* Tòrr, càrr, dùn, meall, being, bruach, being-dhìona.

Mound, *v. a.* Dìon le bruach, tog being ri.

Mount, *s.* 1. A mountain, a hill: beinn, slaibh, cnoc. 2. an artificial hill raised in a garden or other place: bruach, tom, tòrr.

Mount, *v. a.* et *n.* 1. Raise aloft, lift on high: tog. 2. ascend, climb: dìr, dìrich, streap. 3. place on horseback: cuir air muin eich. 4. embellish with ornaments: sgeadaich, grinnich, deasaich. 5. rise on high: dìrich, éirich an àirde. 6. tower, be built up to great elevation: éirich, éirich suas. 7. get on horseback: leum, leum air muin éich. 8. mount *guard:* rach air freiceadan.

Mountable, *adj.* So-dhìridh, so-shreapaidh.

Mountain, *s.* Sliabh, beinn, monadh, cruach, meall, màm, tòrr, aonach, fireach, tom.

Mountain, *adj.* Sliabhach, sléibhteach, aonachail, monaidh.

Mountaineer, Mountainer, *s.* Fear-monaidh, fear-sléibhe, Gàidheal.

Mountainous, *adj.* Sléibhteach, àrd-bheannach, beanntach, monadail, cruachach, garbh.

Mountainousness, *s.* Sléibhteachd, beanntachd, monadalachd.

Mountebank, *s.* Cleasaiche, mealltair.

Mounter, *s.* Fear-dìridh, fear-streapaidh, fear-leuma.

Mounting, *s.* 1. Ascent: dìreadh. 2. ornament, embellishment: grinneas, sgeadachadh, gleus.

Mourn, *v. a.* et *n.* Caoidh, caoin, guil, dean bròn, bi fuidh bhròn, dean caoidh, bi brònach, bi tuirseach.

Mourner, *s.* Fear-bròin, fear-caoidh. Mourners: luchd-bròin.

Mournful, *adj.* Brònach, tuirseach, muladach, dubhach, doilghiosach.

Mournfully, *adv.* See Mournful.

Mourning, *s.* Bròn, mulad, caoidh, tuireadh, tuirse, caoineadh, doilghios, cumhadh, éididh bròin.

Mourningly, *adv.* See Mournful.

Mouse, *s.* Luch, luchag.

Mouse, *v. n.* Sealg luchan, glac luchan.

Mouse-ear, *s.* Lus-nam-mial.

Mouse-hole, *s.* Toll luchaig.

Mouse-trap, *s.* Cat-luch.

Mouser, *s.* Sealgair-luch, luch-shealgair.

Mouth, *s.* Beul, craos. In derision: clab, braoisg, bus. Of a beast of prey: craos. Make mouths: cuir bus ort, cuir braoisg ort. Down in the mouth: fuidh sprochd, fuidh ghruaim.

Mouth, *v. a.* et *n.* 1. Utter with a voice affectedly big: labhair àrd, gabh làn beòil dheth, glaodh. 2. chew, eat, grind in the mouth: cagainn, ith. 3. seize in the mouth: teum, glac 'n ad chraos. 4. insult, attack with reproachful language: càin, màb. 5. speak with a strong and loud voice, vociferate: glaodh.

Mouthed, *adj.* Beulach, craosach.

Mouth-friend, *s.* Caraid beòil, fear leam leat.

Mouthful, *s.* Làn beòil, glamadh, criomag. Of liquids: balgum.

Mouth-honour, *s.* Urram beòil.

Mouthless, *adj.* Gun bheul.

Mow, *s.* Gòrag, rùcan, gòileag.

Mow, *v. a.* et *n.* 1. Cut with a scythe: geàrr, buain le fàladair. 2. cut down with speed and violence: speal, sgud, geàrr sìos. 3. put in a mow: dean 'n a ghòileag. 5. gather the harvest: cruinnich, cròdh.

Mow, *s.* Beul cam, bus.

Mow, *v. n.* Dean beul cam, cuir bus ort, cuir braoisg ort.

Mowburn. *v. n.* Gabh teas, gabh teas 's a' chruach.

Mower, *s.* Spealadair, fear-fàladair, buanaiche.

Mowing, s. 1. Act of cutting with a scythe: speuladh, buain le fàladair. 2. grimace, mockery: atharrais. 3. ability: comas.

Moyle, *s.* See Mule.

Much, *adj.* Mòr, mòran, iomadh, iomad, iomadaidh.

Much, *adv.* Mòr, gu mòr, mòran. Too much : cus, iomadaidh, tuilleadh 's ni 's leòir, barrachd. As much, as much as : uiread ri, uiread agus.
Much, *s.* Mòran. Too much : tuille 's a' chòir, cus. As much : uiread. As much as : uiread ri, uiread agus. *Much*, in composition : ro, glé. *Much*-loved : *ro*-ghràdhaichte, glé-ghradhaichte.
Muchness, *s.* Meud, mòrachd, tomad.
Mucid, *adj.* Sleamhainn, slìobach, air liathadh.
Mucidness, *s.* Sleamhnachd, slìobachd, liathtas.
Mucilage, *s.* Slamban, barrag, sleamhnachd.
Mucilaginous, *adj.* Slambanach, barragach, sleamhainn, slamanach.
Mucilaginousness, *s.* Slambanachd, barragachd, sleamhnachd, slamanachd.
Muck, *s.* 1. Dung for manure of grounds: innear, mathachadh. 2. any thing low, mean, and filthy: salachar, buachar, sal. 3. a heap: muc, tom.
Muck, *v. a.* Mathaich, innearaich, leasaich. Muck, clean from dung, or filth: cairt.
Muckender, *s.* Neapaicin sròine, neapaicin pòca.
Mucker, *v. a.* Cruinnich, taisg, tòrr.
Muckerer, *s.* Fear-cruinneachaidh, fear-torraidh, fear-tasgaidh.
Muckheap, Muckhill, Muckmidden, *s.* Òtrach, dùnan.
Muckiness, *s.* Salachar, breuntas, trustaireachd, mosaiche.
Muckle, *adj.* See Much.
Mucksweat, *s.* Fallas, teann-fhallas.
Muckworm, *s.* 1. A worm that lives in dung: cnuimh aolaich, cnuimh òtraich. 2. a miser, a curmudgeon: spìocaire mosach.
Mucky, *adj.* Innearach, salach, trustaireach, gràineil, breun.
Mucous, *adj.* Ronnach, sglongach, smugach, slamach.
Mucousness, *s.* Ronnaiche, sglongachd, smugachd.
Mucro, *s.* Ruinn, rinn, gob.
Mucronated, *adj.* Rinneach, biorach, geur, gobach.
Muculent, *adj.* See Slimy.
Mucus, *s.* Ronn, sglong, sglongaid, smug, sal na sròine.
Mud, *s.* Eabar, salachar, làthach, poll, clàbar, guitear.
Mud, *v. a.* Salaich, cuir 's a' pholl, eabraich, truaill.
Muddily, *adv.* See Mùddy.
Muddiness, *s.* Sal, salchar, druaibealachd.
Muddle, *v. a.* et *n.* 1. Make turbid, foul, make muddy: cuir troimh chéile, salaich, truaill. 2. make half drunk, cloud, or stupify: cuir air leth-dhaoraich, dean froganach, cuir air mhisg. 3. contract filth, be in a dirty or confused state: bi salach, bi troimh chéile, bi truaillidh.
Muddy, *adj.* 1. Turbid, foul with mud: salach, druaipeach, làthachail. 2. impure, dark, gross: duaichnidh, doilleir, drabastach. 3. soiled with mud: eabarach. 4. dark, not bright: doilleir, dorch. 5. cloudy in mind, dull: dorch, mi-eagnaidh.
Muddy, *v. a.* Doilleirich, cuir troimh chéile, truaill.
Muddy-headed, *adj.* Mi-thuigseach, mi-thoinisgeach.
Mudwall, *s.* Balla talmhainn, balla crèadha.
Mue, *v. n.* See Mew.
Muff, *s.* Mutan.
Muffle, *v. a.* et *n.* 1. Conceal part, or the whole of the face: còmhdaich, ceil, cuir sgàil air. 2. wrap, cover: paisg, trus. 3. conceal, involve, wrap up: ceil, còmhdaich, paisg suas. 4. speak inwardly: labhair os ìosal, dean pronnadh bruidhne.
Muffler, *s.* Gnùis-chòmhdach, brat aodain, sgàil.
Mufti, *s.* Àrd shagart Turcach.
Mug, *s.* Soitheach òil, cuach, noigean, nugan.
Muggard, *adj.* Mùgach, mùigeach.
Muggish, Muggy, *adj.* 1. Moist, damp, mouldy: tais, fliuch, àitidh. 2. thick, close, misty: doilleir, mùgach.
Mughouse, *s.* Tigh leanna, tigh-òil.
Mugient, *adj.* Geumnach, bùireannach.
Mugwort, *s.* Liath-lus, gròban.
Mulatto, *s.* Neach lachduinn, gin o dhubh 's geal.
Mulberry, *s.* Smeur, maol-dhearc. Mulberry-tree: craobh nam maol dhearc, craobh-smeur.
Mulct, *s.* Ubhla, ùmhladh, peanas.
Mulct, *v. a.* Cuir ùbhla air, leag ùbhla, peanasaich.
Mule, *s.* Muileid, muilead.
Muleteer, *s.* Gille mhuilead, fear-iomain mhuileid.
Muliebrity, *s.* Boirionnachd, boirionnas, banalachd, bandachd.
Mulish, *adj.* Muileideach, dannara.
Mull, *s.* Duslach, sad.
Mull, *v. a.* 1. Soften, and dispirit: bogaich, dean tais, thoir a chlì o. 2. heat any liquor, sweeten and spice it: dean blàth milis.
Mullen, *s.* Lus mòr.
Muller, *s.* Clach-phronnaidh.
Mullet, *s.* Seòrs éisg mara, an cearbhanach.
Mulligrubs, *s.* Snìomh chaolan, brù ghoirt.
Mullock, *s.* See Mull, *s.*
Mulse, *s.* Fìon bruichte le mil.
Multangular, *adj.* Iom-oisinneach, iom-cheàrnach.
Multangularly, *adv.* See Multangular.
Multangularness, *s.* Iom-oisinneachd, iom-cheàrnachd.
Multicapsular, *adj.* Ioma-chòsach.
Multicavous, *adj.* Tolltach, ioma-tholltach.
Multifarious, *adj.* Ioma-ghnèitheach, ioma-chuiseach, iomadaidh.
Multifariously, *adv.* See Multifarious.
Multifariousness, *s.* Ioma-ghnèitheachd, ioma-chuiseachd, iomadaidheachd.
Multiform, *adj.* Ioma-chruthach.
Multiformity, *s.* Ioma-chruthachd.
Multilateral, *adj.* Ioma-thaobhach, ioma-shliosach.
Multilineal, *adj.* Ioma-shreathach.
Multiloquous, *adj.* Ioma-bhruidhneach, ioma-bhriathrach.

Multinomial, } *adj.* Iom-ainmeach, iom-shloinnt-
Multinominal, } each.
Multiparous, *adj.* Iom-àlach, ioma-bhreitheach, sìolmhor.
Multipede, *s.* Beathach iom-chosach.
Multiple, *adj.* Iom-fhillteach.
Multipliable, *adj.* So-mheudachaidh, so-chur am meud.
Multipliableness, *s.* So-mheudachd.
Multiplicable, *adj.* So-mheudachaidh.
Multiplicand, *s.* Uibhreachan meudachaidh, àireamh a mheudaichear le àireamh eile.
Multiplicate, *adj.* Iom-fhillte, iom-fhillteach.
Multiplication, *s.* Meudachadh, iomadachadh, seòl meudachaidh, ealain-iomadachaidh.
Multiplicator, *s.* Meudachair, àireamh leis am meudaichear àireamh eile an cunntas.
Multiplicity, *s.* Iomadachd, lìonmhorachd, iomadaidh.
Multiplier, *s.* 1. One who multiplies or increases the number of any thing: fear-meudachaidh, fear-lìonmhorachaidh. 2. in arithmetic. See Multiplicator.
Multiply, *v. a.* et *n.* 1. Increase in number, make more by generation, accumulation, or addition: dean lìonmhor, cuir an lìonmhorachd, lìonmhoraich. 2. perform the process of arithmetical multiplication: meudaich, iomadaich. 3. grow in number, increase: fàs lìonmhor, lìonmhoraich.
Multipotent, *adj.* Iom-chumhachdach.
Multipresence, *s.* Ioma-làthaireachd.
Multiscious, *adj.* Iom-fhiosrach, iom-eòlach.
Multisonous, *adj.* Iom-fhuaimneach.
Multitude, *s.* 1. The state of being many: iomadh. 2. number collective, a sum of many, more than one: àireamh, mòran, iomadachd. 3. a great number: mòran, iomadh, iomadaidh. 4. a crowd, or throng: cruinneachadh, mòr-shluagh, dòmhlachadh, cuideachd, lòd. 5. the vulgar: gràisg.
Multitudinous, *adj.* 1. Having the appearance of a multitude: iomadach, lìonmhor, sluaghach. 2. manifold: iom-fhillteach, iomadach. 3. belonging to the multitude: sluaghach, gràisgeil.
Multivagant, } *adj.* Luaineach, siùbhlach, fabh-
Multivagous, } anach, iomrallach.
Multocular, *adj.* Iom-shuileach.
Multure, *s.* Meildeir, cìs muilinn.
Mum, *interj.* Tosd, eisd.
Mum, *s* Leann cruithneachd.
Mum, *adj.* Tosdach, gun chainnt.
Mumble, *v. a.* et *n.* 1. Speak inwardly, grumble, mutter: dean pronnadh bruidhne, dean briot, dean gearan. 2. chew, bite softly, eat with the lips close: cnàmh, cagainn, creim. 3. mouth gently: dean iomairt beòil ri. 4. slubber over, suppress, utter imperfectly: labhair gu glugach, leth-labhair.
Mumbler, *s.* Fear glugach, fear manndach.
Mumm, *v. a.* Dean cluich chidhis, rach an cidhis.
Mummer, *s.* Fear cidhis, balbh-chleasaiche.
Mummery, *s.* Balbh-chleasachd, cidhiseachd.
Mummy, *s.* Corp spìosraichte.
Mump, *v. a.* 1. Nibble, bite quick, chew with a continued motion: cagainn, creim, glam, bith-chagainn. 2. talk low and quick: abair luath, abair luath manndach. 3. deceive, chouse: meall, thoir an car á. 4. beg: iarr déirc.
Mumper, *s.* Fear-iarruidh dhéirc, dìol-déirc.
Mumps, *s.* 1. Sullenness, silent anger: gruam, tosd-fhearg, stùrd. 2. the squinancy: pluc, tinneas plucach.
Munch, *v. a.* See Mounch.
Muncher, *s.* Fear-cagnaidh.
Mundane, *adj.* Saoghalach, talmhaidh, aimsireil, saoghalta.
Mundanity, *s.* Saoghalachd, saogaltachd.
Mundation, *s.* Glanadh.
Mundatory, *adj.* Glanadach, glanadail.
Mundification, *s.* Glanadh, sgùradh.
Mundificative, *s.* Cungaidh-ghlanaidh.
Mundify, *v. a.* Glan, dean glan.
Munerary, *adj.* Tìodhlacail, mar thìodhlaic.
Mungrel, *adj.* et *s.* See Mongrel.
Municipal, *adj.* Comunnach, cuideachdail, a bhuineas do bhaile mòir.
Munificate, *v. a.* Dean beartach, dean saoibhir.
Munificence, *s.* Toirbheartas, féile, tabhartachd, fialaidheachd.
Munificent, *adj.* Toirbheartach, fialaidh, tabhairteach.
Munificently, *adv.* See Munificent.
Muniment, *s.* 1. Fortification, strong hold: daingneach, dìdean. 2. support, defence: taic, dìon, tèarmunn. 3. record writing upon which claims and rights are founded, evidence, charters: daingneachd sgrìobhaidh, còirichean, bainn-sgrìobhta.
Munition, *s.* 1. Fortification, strong hold: daingneach, dìon, didean. 2. See Ammunitions.
Mural, *adj.* Ballach, a bhuineas do bhalla.
Murder, *s.* Mort, mortadh.
Murder, *v. a.* Mort, dean mortadh.
Murder, *interj.* Mort! mort!
Murderer, *s.* Mortair, fear-mortaidh.
Murderess, *s.* Ban-mhortair.
Murderous, *adj.* Mortach, fuileachdach, sgriosail.
Murderously, *adv.* See Murderous.
Mure, *s.* Mùr, balla.
Mure, *v. a.* Cuir mùr mu, druid le balla.
Muriated, *adj.* Saillte.
Muriatic, *adj.* Saillte.
Murk, *s.* Dorchadas, duirche, doilleireachd, duibhre.
Murk, *s.* Cochull, mogul mheasan.
Murky, *adj.* Dorch, doilleir, dubh.
Murmur, *s.* 1. A low, shrill noise: borbhan, torman, dùrdan, crònan. 2. complaint half suppressed: borbhan, monmhor, gearan, talach, cànran.
Murmur, *v. n.* 1. Give a slow shrill sound: dean borbhan, dean crònan, dean torman. 2. grumble: dean monmhor, gearain, talaich.
Murmurer, *s.* Gearanaiche, fear-gearain, fear-talaich, fear cànrain.
Murmuring, *s.* See Murmur, *s.*
Murmurous, *adj.* Borbhanach, gearanach, cànranach.
Murrain, *s.* Eàrnach, conach, plàigh-spréidhe.

Murrey, *adj.* Dubh-dhearg, dubh-ruadh.
Murrion, *s.* See Morion.
Muscle, *s.* 1. Of the body: fèith, fèith-lùthaidh. 2. a bi-valve shellfish: feusgan.
Muscular, *adj.* Fèitheach, neartmhor.
Muscularity, *s.* Fèitheachd, neartmhorachd.
Musculous, *adj.* Fèitheach.
Muse, *s.* 1. Deep thought, close attention, absence of mind, brown study: beachd-smuain, trom-smuain. 2. the power of poetry: ceòlraidh. The Muses: a' cheòlraidh.
Muse, *v. a.* et *n.* 1. Ponder, think close, study in silence: beachd-smuainich, cnuasaich, trom-smuainich. 2. be absent of mind: bi an trom smuain, bi neo-aireil. 3. wonder, be amazed: gabh ionghnadh, bi fuidh ionghnadh. 4. meditate, think on: cnuasaich, beachd-smuainich air.
Museful, *adj.* Beachd-smuainteachail, trom-smuainteachail.
Muser, *s.* Fear throm smuaintean, fear-beachd smuaineachaidh.
Museum, *s.* Tigh neònachais, tigh-iongantais, seudlann.
Mushroom, *s.* Ballag bhuachair, ballag losguinn.
Music, *s.* Ceòl, binneas, fonn, oirfeid.
Musical, *adj.* Ceòlmhor, binn, fonnmhor, oirfideach.
Musically, *adv.* See Musical.
Musicalness, *s.* Ceòlmhorachd, fonnmhorachd, oirfideachd.
Musician, *s.* Fear-ciùil, filidh.
Musing, *s.* Beachd-smuaineachadh, cnuasachadh.
Musk, *s.* Seòrsa boltraich.
Musket, *s.* Musg, gunna saighdeir.
Musketeer, *s.* Fear-musg, saighdear dearg.
Musketoon, *s.* Geàrr-ghunna, saighdear geàrr-ghunna.
Muskitto, } *s.* Creithleag Innseanach.
Musquitto, }
Musky, *adj.* Cùbhraidh, boltrachail.
Muslin, *s.* Anart grinn, pèarluinn.
Musrol, *s.* Iall sròine sréin.
Mussel, *s.* Feusgan.
Mussitation, *s.* See Murmur, *s.* 1.
Mussulman, *s.* Turcach.
Mussulmanish, *adj.* Turcach.
Must, *v. imperf.* Feumaidh, feumar, 's éigin, b'éigin, 's fheudar, b'fheudar.
Must, *s.* Fìon nuadh, fìon ùr.
Must, *v. a.* et *n.* Breoth, lobh, liath, fàs liath, fàs breun.
Mustache, } *s.* Feusag a' bhìle uachdair, roibean,
Mustachio, } roibeag.
Mustard, *s.* Sgeallan, mustard.
Muster, *v. a.* et *n.* Cruinnich, co-chruinnich.
Muster, *s.* 1. A review of a body of forces: sealladh airm, feachd-shealladh. 2. a register of forces mustered: feachd ainm-chlàr. 3. a collection: cruinneachadh, buidheann.
Muster-book, *s* Leabhar ainm shaighdearan.
Muster-master, *s.* Fear-cruinneachaidh shaighdear.
Muster-roll, *s.* Ainm-chlàr shaighdear.
Mustily, *adv.* See Musty.
Mustiness, *s.* Liathtas.
Musty, *adj.* 1. Mouldy, spoiled with damp: àitidh, dongaidh, grod. 2. stale, spoiled with age: goirt, musgach. 3. dull, heavy, wanting activity: trom, leasg, lunndach.
Mutability, *s.* Caochlaidheachd, neo-sheasmhachd, luaineachas.
Mutable, *adj.* Caochlaidheach, neo-sheasmhach, luaineach.
Mutableness, *s.* See Mutability.
Mutation, *s.* Caochladh, atharrachadh, mùthadh.
Mute, *adj.* Balbh, tosdach, neo-chainnteach, gun chainnt.
Mute, *s.* Balbhan.
Mute, *s.* Aolach eòin, eun-aolach.
Mutely, *adv.* See Mute, *adj.*
Muteness, *s.* Tosdachd, balbhachd.
Mutilate, *v. a.* Ciurramaich, geàrr dheth, dean conablach dheth, mill.
Mutilation, *s.* Ciurramachadh, gearradh dheth, milleadh.
Mutilator, *s.* Fear-ciurramachaidh, fear-millidh.
Mutine, *v. n.* See Mutiny, *v.*
Mutineer, *s.* Fear-ceannairc.
Muting, *s.* Aolach eòin.
Mutinous, *adj.* Ceannairceach, tuasaideach, buaireasach.
Mutinously, *adv.* See Mutinous.
Mutinousness, *s.* Ceannairceachd, tuasaideachd, buaireasachd.
Mutiny, *v. n.* Tog ceannairc, dean ceannairc, dean buaireas.
Mutiny, *s.* Ceannairc, buaireas, éiridh, àr-a-mach.
Mutter, *v. a.* et *n.* Dean dranndan, dean dùrdan, dean gearan, no, talach.
Mutter, *s.* Borbhan, dùrdan, cànran, gearan, talach.
Mutton, *s.* 1. Flesh of sheep: muilt-fheoil. 2. a sheep: caora, molt.
Muttonfist, *s.* Garbh dhòrn dearg, cròg mhòr.
Mutual, *adj.* A réir a cheile, mu seach, aontachail, dithiseach, a bhuineas do dhithis araon.
Mutually, *adj.* See Mutual.
Mutuation, *s.* Iasad, comh-iasad.
Mutuatitious, *adj.* Iasadach, an iasad.
Muzzle, *s.* 1. The mouth of any thing: beul, bile, oir. 2. the mouth of a man in contempt: cab, craos, bus. 3. a fastening for the mouth which hinders to bite: bus-iall, glomhar, muiseal.
Muzzle, *v. a.* et *n.* 1. Bind the mouth: cuir bus-iall air, cuir glomhair ann. 2. bring the mouth near: cuir do bhus air. 3. restrain from hurt: ceannsaich, ceangail.
My, *pron. poss.* Mo, m'.
Mynchen, *s.* Cailleach dhubh.
Myography, *s.* Fèith-eòlas, fèith-ealain.
Myology, *s.* See Miography.
Myope, *s.* Neach geàrr-fhradharcach.
Myriad, *s.* Deich mìle.
Myrmidon, *s.* Ceatharnach, buamastar.
Myropolist, *s.* Reiceadair chungaidh-leighis.
Myrrh, *s.* Mir.

Myrtle, *s.* Miortal.
Myself, *s.* Mi féin, mise féin.
Mystagogue, *s.* Fear-mìneachaidh rùntan dìomhair.
Mysterious, *adj.* Dorcha, domhain, dìomhair.
Mysteriously, *adv.* See Mysterious.
Mysteriousness, *s.* Duirche, doilleireachd, dìomhàireachd.
Mystery, *s.* Dìomhaireachd, rùn dìomhair, ceàird.
Mystic, } *adj.* Dìomhair, domhain, dorch, do-
Mystical, } thuigsinn.
Mystically, *adv.* See Mystic.
Mysticalness, *s.* Dìomhaireeachd, doimhneachd, duirche.
Mysticism, *s.* Do-thuigsinneachd, dìomhaireachd mheallta.
Mythic, } *adj.* Spleadhach, faoin-sgeulach.
Mythical, }
Mythologic, } *adj.* Spleadhach, faoin-sgeulach.
Mythological, }
Mythologically, *adv.* See Mythological.
Mythologist, *s.* Faoin-sgeulaiche, faoin-sheanachaidh.
Mythologize, *v. n.* Dean faoin-sgeulachd.
Mythology, *s.* Faoin-sgeulachd, eachdraidh nan dia bréige.

Nab, *v. a.* Grad-ghlac, teum.
Nab, *s.* Cnap, scòrr-mhullaich.
Nabob, *s.* Prionnsa Innseanach, duine mòr as na h-Innsibh.
Nacker, *s.* Slige neamhnaid.
Nadir, *s.* Am ball a 's ìsle dhe 'n chruinne-ché.
Naeve, *s.* Ball, ball-dòbhrain.
Nag, *s.* 1. A small horse: each, gearran. 2. a paramour, in contempt: leannan.
Naiad, *s.* Òigh uisge.
Nail, *s.* 1. Of the fingers or toes: ionga. 2. of birds, or beasts: ionga, spòg. 3. of metal for fastening: tarrung, tarunn. 4. a stud, a boss: cop, copan, ball. 5. a measure of length: dà òirleach is cairteal.
Nail, *v. a.* 1. Fasten: tarunnaich, tàirnich, spàrr. 2. stud: cuir copan air.
Nailer, *s.* Fear-dèanaimh, thàirngnean, gobha thàirngnean.
Nailery, *s.* Ceàrdach thàirngnean.
Naivete, *s.* Simplidheachd, fosgarrachd.
Nake, } *v. a.* Rùisg, nochd, dean lomnochd.
Naker, }
Naked, *adj.* Rùisgte, nochd, nochdaidh, lomnochd, lom, gun arm.
Nakedly, *adv.* See Naked.
Nakedness, *s.* Nochdachd, nochdaidheachd, lomnochduidh, luime.
Nall, *s.* Minidh.
Name, *s.* 1. Of an individual: ainm. 2. of a species: ainm, sloinneadh. 3. person: neach. 4. reputation, character: ainm, deadh-ainm, cliù. 5. renown, fame: cliù, alladh, iomradh, ainmealachd, cliùiteachd. 6. power delegated: ainm. 7. appearance, not reality: ainm.
Name, *v. a.* 1. By a particular appellation: ainmich, sloinn. 2. mention: ainmich, goir air ainm. 3. specify, nominate: ainmich. 4. utter: luaidh, ainmich, aithris.
Nameless, *adj.* Neo-ainmichte, gun chliù, neo-ainmeil.
Namely, *adv.* Mar so, 's e sin, sin r' a ràdh, eadhon.
Namer, *s.* Fear-sloinnidh, fear-ainmeachaidh.
Namesake, *s.* Fear-cinnidh, bean-chinnidh, co-ainm.
Nap, *s.* 1. A short sleep: cadalan, trùpag, pràmh, norrag. 2. villous substance: caitean, calg. 3. a knop, a protuberance, the top of a hill: cnap, meall, cruach.
Nap, *v. n.* Dean cadalan, gabh norrag, gabh trùpag.
Naptaking, *s.* Sgiorradh, grad ionnsuidh, fuathas, ruathar, grad-ghlacadh.
Nape, *s.* Cùl na h-amhaich, cùl a' mhuineil.
Napery, *s.* Anart bùird is tubhailtean, anart tighe.
Nappiness, *s.* Caiteanachd, calg, ròmaiche.
Napkin, *s.* Neapaicinn, neapaig. For the neck: brat amhaich. For the pocket: sròn-bhrat. For the hands at table: anart-làimh, làmh-anart.
Napless, *adj.* Lom, gun chaitean, gun chalg.
Nappy, *adj.* 1. Of ale: cobharach, copach, caiteanach. 2. hairy: caiteanach, ròmach, calgach.
Narcissus, *s.* Lus-a'-chrom chinn.
Narcosis, *s.* Tuaineal, breisleach, codal, suain.
Narcotic, } *adj.* Tuainealach, breisleachail, cod-
Narcotical, } alach, a chuireas 'n a shuain.
Narrable, *adj.* So-innsidh, so-aithris.
Narrate, *v. a.* Innis, aithris, sgeulaich.
Narration, *s.* Aithris, sgeul, iomradh, naidheachd, seanachas.
Narrative, *adj.* 1. Giving an account: aithris-

each, innseach, sgeulach. 2. story-telling: seanachail, sgeulach, eachdrachail.
Narrative, *s.* Aithris. iomradh, sgeul, eachdraidh.
Narratively, *adv.* See Narrative, *adj.*
Narrator, *s.* Fear-aithris, fear-innsidh, fear-eachdraidh, seanachaidh.
Narratory, *adj.* See Narrative, *adj.*
Narrow, *adj.* 1. Not broad: cumhang, aimhleathan, caol. 2. small, of time as well as place: beag. 3. covetous, avaricious: gann, goirteach, sanntach, spìocach, teann, mìodhair, mosach. 4. of sentiments, ungenerous: neo-fhialaidh, mìodhair. 5. at a small distance: dlùth, faisg. 6. vigilant, attentive: aireachail, furachail, dian.
Narrow, *v. a.* 1. With respect to breadth or wideness: cumhangaich, cuir an cuingead, cuir a stigh. 2. contract, impair: ìslich, beagaich, leag. 3. confine, limit: cuingich, cumhangaich.
Narrowly, *adv.* See Narrow, *adj.*
Narrowness, *s.* 1. Of breadth, or wideness: cumhangachd, cuingead, aimhleanachd, neo-fharsuingeachd. 2. of extent, or comprehension: cuingead, neo-fharsuingeachd. 3. contractedness: neo-fharsuingeachd. 4. meanness, poverty: ìsleachd, bochduinn. 5. want of capacity: neo-fhialaidheachd, neo-thuigseachd.
Nasal, *adj.* Srònach, srònail. A nasal voice: guth mùgach.
Nascent, *adj.* Meudachail, a' fàs, a' cinneachadh.
Nastily, *adv.* See Nasty.
Nastiness, *s.* 1. Dirt, filth: salachar, sal, trustaireachd. 2. obscurity: trustaireachd, drabastachd, draosdachd.
Nasty, *adj.* 1. Dirty: salach, trustaireach, mosach, sgreataidh, truaillidh. 2. obscene: drabastach, draosdach, neo-ghlan.
Natal, *adj.* Dùthchasach, a bhuineas do dh' àite, no àm breith neach.
Natch, *s.* Dronn, dronnag daimh.
Nathless, *adv.* See Nevertheless.
Nation, *s.* Fine, cinneadh, sluagh, pobull, cinneach, muinntir, dùthaich, rìoghachd, talamh.
National, *adj.* Dùthchasach, rìoghachdail, cinneadail, dùthchail.
Nationality, *s.* Dùthchasachd, cinneadalachd, dùthchalachd.
Nationally, *adv.* See National.
Native, *adj.* 1. Not artificial: nàdurrach, gnèitheil, gnèitheach. 2. conferred by birth: dùthchasach, dualach. 3. time or place of birth: dùthchasach. 4. original: gineadail, prìomh. 5. born with, co-operating with: dualach.
Native, *s.* Original inhabitant: fear-àiteachaidh, neach a' mhuinntir, neach tìre, neach dùthcha. 2. offspring: sliochd, gineal.
Natively, *adv.* See Native, *adj.*
Nativeness, *s.* Dùthchasachd, dualachas, gnèitheachd.
Nativity, *s.* 1. Issue into life: breith. 2. time, place, or manner of birth: breith, àm-breith, àitebreith.
Natural, *adj.* 1. Produced or effected by nature: nàdurrach, nàdurra. 2. illegitimate: dìolain. 3. bestowed by nature: nàdurra, gnèitheil, gnèitheach. 4. affectionate by nature: dàimheil, caoimhneil, nàdurra. 5. unaffected: simplidh, fìor, fìrinneach.
Natural, *s.* Amadan, neo-dhuine, amhlair, (a female), òinseach.
Naturalist, *s.* Teallsanach, fear eòlach mu oibribh na cruthachd.
Naturalize, *v. a.* Thoir còir luchd-dùthcha, no còir comuinn.
Naturally, *adv.* See Natural, *adj.*
Naturalness, *s.* Nàdurrachd, gnèitheachd, simplidheachd.
Nature, *s.* 1. An imaginary being: nàdur. 2. the native state or properties of any thing: nàdur, gnè, càil. 3. constitution: nàdur, aoraibh, càil, càileachd. 4. temper: nàdur, càil, mèinn. 5. regular course of things: nàdur. 6. natural affection, or reverence: dàimh, nàdurrachd. 7. species: gnè, seòrsa.
Natured, *adj.* Nàdurra, mèinneach. Good natured: deadh-mhèinneach, soitheamh, suairc. Bad-natured: droch-mheinneach, coirpte, crosda, doirbh.
Naval, *adj.* Longach, cabhlachail, a bhuineas do luingeas.
Nave, *s.* 1. Of a wheel: cìoch, ceap. 2. of a church: meadhon eaglais.
Naval, *s.* 1. The point in the middle of the belly: imleag, iomlag. 2. the middle, the interior part: buillsgean, teis-meadhon.
Naufrage, *s.* Long-bhriseadh.
Naught, *adj.* Olc, droch, aingidh, truaillidh, dona.
Naught, *s.* Neo-ni.
Naughtily, *adv.* See Naughty, *adj.*
Naughtiness, *s.* Olcas, aingidheachd. Slight wickedness: crosdachd, droch-mhèinn, coirpteachd.
Naughtly, *adv.* See Naught, *adj.*
Naughty, *adj.* Olc, aingidh, droch, dona, coirpte, crosda.
Navigable, *adj.* So-sheòlaidh, domhainn.
Navigableness, *s.* So-sheòlaidheachd, doimhneachd uisge.
Navigate, *v. a.* et *n.* Seòl, rach thairis an long, thoir long thairis, bi air muir.
Navigation, *s.* Long-sheòladh, seòladh, seòladaireachd, sgoil mhara.
Navigator, *s.* Seòladair, sgoilear mara, fear-fairge, maraiche.
Naulage, *s.* Airgiod aisig, faradh, airgiod puirt.
Nausea, *s.* 1. Sickness: tinneas. 2. sea-sickness: cuir-mara.
Nauseate, *v. a.* et *n.* Loathe: sgreataich, sgreataich roimh. 2. strike with disgust: cuir sgreat air, cuir daoch air, tog sgreat. 3. grow squeamish: gabh sgreat roimh, sgreataich, bi tinn.
Nauseous, *adj.* 'Sgreataidh, sgreamhail, daochail, déisdinnach, gràineil.
Nauseously, *adv.* See Nauseous.
Nauseousness, *s.* Sgreatachd, sgreamhalachd, daochalachd, déisdinneachd.

Nautic, } adj. Longach, fairgeach, seòladaireach.
Nautical, }
Navy, *s.* Cabhlach, feachd mara, luingeas-chogaidh.
Nay, *adv.* Ni h-eadh, cha 'n è, ni h-è. Used as a word of amplification: seadh, seadh fòs.
Nay, *s.* Àicheadh, diùltadh.
Nayword, *s.* Sean-fhocal, leth-fhocal, frith-fhocal.
Neaf, *s.* Dòrn.
Neal, *v. a.* et *n.* Taisich, dean tais, no cruaidh le blàthas teine, fàs tais 's an teine.
Neap, *s.* Conn-traigh.
Neap, *adj.* Ìosal.
Neaped, *adj.* Air làr, air tràigh.
Near, *prep.* Fagus air, fagus do, faisg air, dlùth àir, dlùth do, am fochair, an cois, an gar, làimh ri.
Near, *adv.* 1. Almost. See Almost. 2. not far off: fagus, faisg, am fochar, aig làimh, dlùth. 3. by relation, or alliance: dlùth, an dàimh, an cleamhnas.
Near, *adj.* 1. In place, or time: faisg, dlùth, fagus, teann. 2. direct, straight: dìreach, réidh, goirid. 3. closely related: dàimheil, dlùth do. 4. intimate, familiar: dlùth, dìleas, dìomhair. 5. touching, affecting: drùighteach, buintinneach. 6. dear: caomh. 7. parsimonious: gann, spìocach, mìodhoir.
Near hand, *adv.* Aig làimh, dlùth air làimh, am fagus.
Near, *v. a.* et *n.* Dlùthaich, teann a bhos, teann am fagus, thig dlùth.
Nearly, *adv.* See Near, *adj.* and Almost.
Nearness, *s.* Closeness, approach: fagusachd, dlùthachd, faisgeachd. 2. affiance: dàimh, dìlseachd. 3. tendency to avarice: gainne, mìodhoireachd, spìocaiche, spìocaireachd, gortachd.
Neat, *s.* 1. Black cattle: spréidh, crodh, buar, tàin, nìth, eudail. 2. a single cow, or ox: bò, mart, no, damh.
Neat, *adj.* Grinn, cuimir, glan, snasmhor, sgiobalta.
Neatly, *adv.* See Neat, *adj.*
Neatness, *s.* Grinneas, cuimireachd, sgiobaltachd, gloine, snasmhorachd.
Neatress, *s.* Banarach, banachaig.
Neb, *s.* Beul, gob, bus.
Nebula, *s.* Ceò, neul, nial.
Necessaries, *s.* Nithe feumail, feumalachd, cuibhrionn fheumail, goireas.
Necessarily, *adv.* See Necessary.
Necessariness, *s.* Feumalachd, neo-sheachantachd.
Necessary, *adj.* 1. Indispensably requisite: feumail, a 's fheudar a bhi. 2. impelled by fate: dualach, an dàn, neo-sheachanta.
Necessary, *s.* Tigh cac, tigh-aolaich.
Necessitate, *v. a.* Éignich, cuir éigin air.
Necessitation, *s.* Éigneachadh.
Necessitous, *adj.* Uireasbhuidheach, gann, bochd, aim-beartach.
Necessitousness, *s.* Uireasbhuidheachd, gainne, bochduinn, aimbeart.
Necessitude, *s.* 1. See Necessitousness. 2. friendship: dàimh, càirdeas.
Necessity, *s.* 1. Cogency, fatality: dàn, do-sheachnaidheachd. 2. indispensableness: feumalachd. 3. poverty: bochduinn, uireasbhuidh, aimbeart, aire. 4. things necessary: nithe feumail. 5. violence: éigin, ainneart.
Neck, *s.* 1. Of the body: amhach, muineal. 2. a long narrow part: amhach. 3. Of a bottle: sgòrnan, sgeòcan.
Neckatre, } *s.* Éididh muineil, brat muineil,
Neckerchief, } brat amhaich.
Neckcloth, }
Necked, *adj.* Amhachail, sgòrnanach, muinealach.
Necklace, *s.* Usgar amhaich, seud muineil.
Neckweed, *s.* Còrcach.
Necrology, *s.* Cunntas mharbh, cunntas nam marbh.
Necromancer, *s.* Fiosaiche, druidh, aog-dhruidh, eòlasair, dubh-chleasaiche.
Necromancy, *s.* Fiosachd, druidheachd, aog-dhruidheachd, dubh-chleasachd.
Necromantic, } *adj.* Fosachdail, druidheach,
Necromantical, } dubh-chleasachail.
Nectar, *s.* Deoch mhilis, deoch nan dia bréige.
Nectareal, }
Nectarean, } *adj.* Milis, ro-bhlasda.
Nectared, }
Nedder, *s.* Nathair.
Need, *s.* Uireasbhuidh, feum, éis, easbhuidh, dìth.
Need, *v. a.* et *n.* 1. Be in want of: feum. 2. be wanted: bi a dhìth, bi feumail. You need not: cha ruig thu leas. You need not go: cha ruig thu leas dol. I must needs go: feumaidh mi dol.
Needer, *s.* Fear uireasbhuidheach, feumnach.
Needful, *adj.* 1. Distressed: aimbeartach, bochd, truagh, ainnis. 2. indispensably requisite: feumail, a 's éigin.
Needfully, *adv.* See Needful.
Needfulness, *s.* Uireasbhuidheachd, bochdas, aimbeart, dìth, éigin.
Needily, *adv.* See Needy.
Neediness, *s.* See Needfulness.
Needle, *s.* 1. For sewing: snàthad. 2. of the mariner's compass: tarrung art, bior na cairt iùil.
Needleful, *s.* Làn snàthaid.
Needler, } *s.* Fear-dèanaimh snàthad.
Needlemaker, }
Needlework, *s.* Obair snàthaid, fuaigheall, obair-ghréis.
Needless, *adj.* Neo-fheumail, gun fheum, dìomhain.
Needlessly, *adv.* See Needless.
Needlessness, *s.* Neo-fheumalachd, dìomhanas.
Needment, *s.* Feumalachd.
Needs, *adv.* I must *needs*: feumaidh mi, is éigin dhomh. It must *needs* be: feumaidh e bhi, 's éigin da bhi.
Needy, *adj.* Bochd, uireasbhuidheach, ainnis, aimbeartach, am feum.
Neer, *adv.* See Never.
Nef, *s.* See Nave, *s.* 2.
Nefarious, *adj.* Ro-aingidh, mallaichte, uamhar, fuathasach.
Nefariously, *adv.* See Nefarious.
Negation, *s.* Diùltadh, àicheadh, obadh.

Negative, *adj.* Diùltach, àicheannach, obach, dearmadach.
Negative, *s.* Diùltach, àicheadh, focal-àicheidh, mar, " Cha."
Negative, *v. a.* Diùlt, cuir air cùl, àicheadh.
Negatively, *adv.* See Negative, *adj.*
Neglect, *v. a.* 1. By carelessness: dearmadaich, dearmaid, dì-chuimhnich. 2. with scornful heedlessness: cuir suarach dean dimeas, dean tàir, cuir an neo-shuim.
Neglect, *s.* 1. Inattention: dearmad, dì-chuimhne. 2. scornful inattention: dìmeas, tàir, mi-shuim, neo-shuim. 3. frequency of neglect: dearmadachd, dì-chuimhneachd. 4. state of being unregarded: dimeas.
Neglecter, *s.* Fear-dearmaid, fear-dì-chuimhne, fear-dimeas.
Neglectful, *adj.* 1. Careless, inattentive: dearmadach, di-chuimhneach. 2. treating with indifference: neo-chùramach, dìmeasach.
Neglection, *s.* Dearmad, neo-shuim, neo-aire.
Neglective, *adj.* See Neglectful.
Negligence, *s.* 1. By heedlessness: dearmadachd, di-chuimhneachd, neo-aire. 2. instance of neglect: dearmad, dì-chuimhn.
Negligent, *adj.* See Neglectful.
Negligently, *adv.* See Neglectful.
Negotiate, *v. a.* et *n.* Dean gnothuch, gnìomhaich, thoir gu buil.
Negotiation, *s.* Gnothach, cùmhnant, socrachadh, comh-ghnothach.
Negotiator, *s.* Fear-gnothaich, fear-cùmhnantachaidh, fear-comh-ghnothaich.
Negro, *s.* Duine dubh.
Neif, *s.* Dòrn.
Neigh, *v. n.* Sitir, dean sitir, dean sitrich.
Neigh, *s.* Sitir.
Neighing, *s.* Sitrich.
Neighbour, *s.* Nàbuidh, coimhearsnach.
Neighbour, *adj.* Nàbuidheach, coimhearsnachail, dlùth.
Neighbour, *v. a.* et *n.* 1. Adjoin to, confine on: bi an crìochaidh ri, bi dlùth air. 2. acquaint with, make near to: dlùthaich ri.
Neighbourhood, *s.* 1. Place adjoining: coimhearsnachd, nàbuidheachd. 2. state of being near each other: coimhearsnachd, dlùthachd. 3. those that live within, or near: luchd-coimhearsnachd.
Neighbourly, *adj.* Coimhearsnachail, coingheallach, suairc, càirdeil.
Neighbourly, *adv.* See Neighbourly, *adj.*
Neighbourship, *s.* Coimhearsnachd, nàbuidheachd.
Neither, *conj.* 1. In the first branch of a negative sentence: cha. *Neither* he nor she was there: *cha* robh esan, no ise an sin. 2. In the second branch of a negative sentence: cha mhò, ni mò. I was not there, *neither* was he: cha robh mise an sin, 's *cha mhò* bha esan. 3. sometimes at the end of a sentence, it follows a negative: ni 's mò.
Neither, *pron.* Ni-h-aon, cha 'n aon dhuibh.
Nemorous, *adj.* Coillteach, doireach.
Nenuphar, *s.* Bile bhàite.
Neological, *adj.* Ùr-bhriathrach, ùr-fhocalach.
Neology, *s.* Ùr-bhriathrachas, ùr-chainnteachd.
Neophite, *s.* Iompachan, neach iompaichte.
Neophite, *adj.* Iompaichte.
Neoterick, *s.* Ùr-neach, neach ùr.
Neoteric, Neoterical, *adj.* Ùr, nodha, nuadh, ùr-aimsireach.
Nephew, *s.* Mac-peathar, mac-bràthar.
Nephritic, Nephritical, *adj.* 1. Belonging to the organs of urine: àirneach, fualach. 2. troubled with the stone: fuidh 'n ghalar-fhuail. 3. good against the stone: leigheasach air a' ghalar-fhuail.
Nereid, *s.* Òigh mhara.
Nerve, *s.* 1. The organs of sensation: fèith, fèith-mhothachaidh. 2. force, strength: lùth, neart, spionnadh.
Nerve, *v. a.* Neartaich, lùthaich, cuir spionnadh ann.
Nerveless, *adj.* Neo-lùthach, lag-chuiseach, gun lùth.
Nervous, *adj.* 1. Full of nerves: fèitheach. 2. well strung, vigorous: neartmhor, lùthmhor. 3. having weak or diseased nerves: lag-fhèitheach, meanbh-fhaireachdail, mion-mhothachail.
Nervously, *adv.* See Nervous.
Nervousness, *s.* Lùthmhorachd, neartmhorachd, féitheachas, fèith-laigseachd.
Nescience, *s.* Aineolas, ain-fhios.
Ness, *s.* Sròn, ceann, rudha, maoile, innis.
Nest, *s.* 1. For incubation: nead. 2. any place where animals are produced: nead, còs. 3. an abode: tunaidh, còmhnuidh, fois, àite-gleidhidh.
Nest, *v. n.* Dean nead, tog nead.
Nestegg, *s.* Ubh nid.
Nestle, *v. a.* et *n.* 1. Settle, harbour, lie close and snug: neadaich, luidh an tigh, crùb sìos, gabh fasgadh, luidh cluth. 2. house, as in a nest: cuir sìos, cuir an nead, cuir an còs. 3. cherish: eiridinn.
Nestling, *s.* Isean, eun òg, isean nid.
Net, *s.* Lìon, eangach.
Net, *v. n.* Figh lìon, dean cliùcaireachd.
Net, *adj.* Glan, fìor, fìor-ghlan.
Net, *v. a.* Glan-bhuannaich, glan-choisinn.
Nether, *adj.* Ìochdarach, ìosal, ìsle, ifrinneach.
Nethermost, *adj.* A 's ìsle, a 's ìochdaraiche.
Netting, *s.* Obair lìn, lìon-obair.
Nettle, *s.* Eanntag, deanntag, eanntagach.
Nettle, *v. a.* Brosnuich, feargaich, lot, leòin, gon.
Nettler, *s.* Fear-brosnachaidh, fear-feargachaidh.
Network, *s.* Obair lìn, lìon-obair.
Never, *adv.* 1. In a future or prospective sense: am feasd, gu bràth, a chaoidh. 2. when used retrospectively, or of the past: riamh, am feasd. In both cases it must always, to make it negative, be preceded by a negation in the sentence. I will never see him: *cha* 'n fhaic mi *gu bràth* e. I never saw him: *cha* 'n fhac mi *riamh* e.
Nevertheless, *adv.* Gidheadh, air son sin.
Neurotomy, *s.* Fèith-ghearradh, gearradh fhèithean.

Neuter, *adj.* Nach buin do thaobh seach taobh.
Neuter, *s.* Neach nach buin do thaobh seach taobh, neach coimheis.
Neutral, *adj.* 1. Indifferent: neo-phàirteach, neo-ghnìomhach. 2. neither good nor bad: gun bhi maith no ole.
Neutralist, *s.* Neach neo-phàirteach, neach-neo-bhuinteach.
Neutrality, *s.* Neo-phàirteachd, coimh-dheiseachd.
Neutrally, *adv.* See Neutral.
New, *adj.* 1. Not old: ùr, nuadh, nodha. 2. not being before: ùr, nuadh. 3. modern: ùr, ùr-aimsireach. 4. different from the former: ùr, nuadh. 5. not antiquated: ùr, annasach. 6. renovated, repaired: nuadhaichte, ùraichte.
Newfangle, *adj.* Déigheil air annasaibh.
Newfangle, *v. a.* Atharraich le annasaibh, tog le annasaibh.
Newfangled, *adj.* Togta le annasaibh, beadrach mu annasaibh.
Newfangledness, Newfangleness, *s.* Déigh air annasaibh, beadradh ri annas.
Newing, *s.* Beirm.
Newish, *adj.* Breac-ùr, leth-char ùr.
Newly, *adv.* See New.
Newness, *s.* 1. Recentness: ùrachd, ùrad, nuadhachd. 2. novelty: annasachd, nuadhachd. 3. something lately produced: annas. 4. innovation: caochladh, nuadh-chaochladh. 5. want of practice: aineolas, neo-chleachdamh.
News, *s.* Naidheachd, ùr-sgeul, sgeul.
Newsmonger, *s.* Fear naidheachd, fear-sgeòil.
Newspaper, *s.* Litir naidheachd.
Newt, *s.* Dearc-luachrach.
Next, *adj.* A 's faisge, a 's dlùithe, a 's fagusaiche, an ath. The next day: an ath là. The next man: an ath fhear.
Next, *adv.* A rìs, 's an ath àit.
Nib, *s.* Gob.
Nibbed, *adj.* Gobach.
Nibble, *v. a.* et *n.* Spiol, creim, teum, tiolp.
Nibble, *s.* Spioladh, creimeadh, tiolpadh.
Nibbler, *s.* Spioladair, tiolpadair.
Nice, *adj.* 1. In judgment: poncail, faicilleach, eagnaidh. 2. delicate, scrupulous: poncail, cagallach. amharusach. 3. easily injured, delicate: sochiùrraidh, fìnealta, lag. 4. formed with minute exactness: grinn, innealta. 5. requiring scrupulous exactness: doilich, deacair. 6. foolish, effeminate: baoth, lag-chuiseach. 7. delicious: blasda. 8. handsome: grinn, àluinn, taitneach.
Nicely, *adv.* See Nice.
Niceness, *s.* Eagnaidhneachd, ro-eagnaidheachd, ro-phoncalachd.
Nicety, *s.* 1. Of thought: poncalachd, eagnaidheachd. 2. accurate performance: grinneas, innealtachd. 3. fastidious delicacy: ro-phoncalachd. 4. minute observation: mion-bheachd. 5. cautious treatment: cùramachd, faicilleachd. 6. effeminate softness: mùirn, mùirnealachd. 7. *pl.* niceties, dainties: mìlsean, nithe blasda.
Niche, *s.* Niùc, oisinn, cùil.

Nick, *s.* 1. Exact point of time: ceart àm, uair feumais. 2. a notch: eag. 3. a score, a reckoning: eag-chuimhneachain.
Nick, *s.* An Diabhul, an t-eascaraid, an donas.
Nick, *v. a.* 1. Hit luckily: amais, buail díreach. 2. cut in nicks: eagaich. 3. suit, as tallies cut: freagair a chéile. 4. defeat, cozen: thoir an car á, meall.
Nickname, *s.* Leth-ainm, frith-ainm, fath-ainm.
Nickname, *v. a.* Thoir frith ainm, leth-ainm, no fath-ainm air.
Nictate, *v. a.* Caog, smèid, priob.
Nictation, *s.* Caogadh, smèideadh, priobadh.
Nide, *s.* Nead, linn, àlach, àl.
Nidget, *s.* Cladhair, gealtair.
Niding, *s.* See Nidget.
Nidorous, *adj.* Mèath, miath, ròiceach.
Nidulate, *v. a.* Tog nead, neadaich.
Nidulation, *s.* See Nidification.
Niece, *s.* Nighean bràthar, no, nighean peathar.
Niggard, *s.* Spìocair, fear cruaidh, gìonach, loman.
Niggard, *adj.* Spìocach, gan, gorntach, sanntach, lom, mosach.
Niggard, *v. a.* Bi spìocach, dean spìocaireachd ri.
Niggardish, *adj.* Leth-char spìocach.
Niggardliness, *s.* Spìocaireachd, luime, crìne, cruas, gainne.
Niggardly, *adj.* See Niggard, *adj.*
Niggardly, *adv.* See Niggard, *adj.*
Niggardness, *s.* See Niggardliness.
Niggle, *v. n.* Dean cluich ri, dean cleasachd ri, dean baothaireachd.
Nigh, *prep.* Fagus air, fagus do, goirid o, làimh ri.
Nigh, *adv.* See Near, *adv.*
Nigh, *adj.* See Near, *adj.*
Nigh, *v. a.* et *n.* See Near, *v.*
Nighly, *adv.* See Near, *adj.*
Night, *s.* Oidhche, dorchadas oidhche. To-night: am nochd. To-morrow night: an ath oidhch. Last nigh: an raoir. The night before last: a' mhù 'n raoir.
Nightbird, *s.* Eun oidhche.
Nightbrawler, *s.* Buaireadair oidhche.
Nightcap, *s.* Currachd oidhche.
Nightdew, *s.* Braon oidhche, dealt oidhche.
Nightdress, *s.* Culaidh oidhche, éididh oidhche.
Nighted, *adj.* Dorcha, dorchaichte, dubh-dorcha.
Nightfall, *s.* Tuiteam oidhche, dubharachd oidhche.
Nightfire, *s.* Teine fionn.
Nighthag, *s.* Dubh-bhuitseach.
Nightingale, *s.* Spideag, beul-binn.
Nightish, Nightly, *adj.* Oidhcheach, oidhcheil, dorcha.
Nightly, *adv.* 1. By night: rè na h-oidhche. 2. every night: gach oidhche.
Nightman, *s.* Glanadair thigh-aolaich.
Nightmare, *s.* Trom-luidhe.
Nightrest, *s.* Fois oidhche, fois na h-oidhche.
Nightshade, *s.* Lus-na-h-oidhche.
Nightvision, *s.* Sealladh oidhche.
Nightwalk, *s.* Sràid-oidhche, coiseachd-oidhche.

NIGHTWARD, *adj.* Dubharach, feasgarach, oidhcheach.
NIGHTWATCH, *s.* Faire na h-oidhche, faire.
NIGHTWATCHER, *s.* Fear-faire, fear-faire na h-oidhche.
NIGRESCENT, *adj.* Dubharach, a' fàs dorcha, lethdhubh.
NILL, *v. a.* et *n.* Diùlt, ob, bi aindeonach.
NIM, *v. a.* Goid, dean gaduidheachd, dean braide.
NIMBLE, *adj.* Luath, lùthmhor, ealamh, clis, èasgaidh, deas, sgairteil.
NIMBLENESS, *s.* Luaths, lùthmhorachd, ealamhachd, clise, èasgaidheachd, sgairtealachd.
NIMBLE-WITTED, *adj.* Beadaidh, clis-labhrach, beulèasgaidh.
NIMBLY, *adv.* See Nimble, *adj.*
NIMMER, *s.* Fear-braide, bradaidh, mèirleach.
NINCOMPOOP, *s.* Amadan, ùmaidh, amhlair, baothaire, baoghlan.
NINE, *adj.* Naodh, naoidh, naoi.
NINEFOLD, *s.* Naoidh-fillte.
NINESCORE, *adj.* Naoidh fichead.
NINETEEN, *adj.* Naoi-deug.
NINETEENTH, *adj.* An naodhamh-deug.
NINETIETH, *adj.* An ceithir fichead 's a deicheamh.
NINETY, *adj.* Ceithir fichead 's a deich.
NINTH, *adj.* An naodhamh, an naothamh.
NINTHLY, *adv.* 'S an naothamh àit.
NINNY, *s.* Amhlair, baoghlan, neo-dhuine.
NINNY-HAMMER, *s.* Baoghlan, baothaire, neo-dhuine.
NIP, *v. a.* 1. With the nails, or teeth: criom, spiol, bìd, pioc, teum, thoir greim á. 2. by any slight means: sgud, beàrr. 3. blast, destroy: crìon, searg, seachd. 4. frost: gon, crìon, loisg. 5. vex, bite: claoidh, sàruich. 6. satirize, ridicule: sgeig, aoir, beum.
NIP, *s.* 1. With the nails, or teeth: bìd, bìdeag, gomag. 2. a small cut: gearradh. 3. a blast: osag, séid, onfhadh. 4. a sarcasm, a taunt: beum.
NIPPERS, *s.* Turcais, greimiche.
NIPPINGLY, *adv.* Gu beumnach, gu beur.
NIPPLE, *s.* The teat, the dug: sine, ceann na cìche. 2. an orifice: beul, toll.
NIT, *s.* Sneadh, sneamh, snionga.
NITENCY, *s.* 1. Lustre, clear, brightness: dèarsadh, loinnireachd. 2. endeavour, spring, to expand itself: leum, ais-leum.
NITHING, *s.* Cladhair, bleidear, gealtair.
NITRE, *s.* Natar.
NITTY, *adj.* Sneadhach, sneamhach.
NIZY, *s.* Tamhasg, amhlair, òinseach, gurraiceach.
NO, *adv.* Ni, cha, cha 'n e, cha 'n ann, cha 'n 'eil, ni h-eadh. This adverb of refusal, denial, and negation, is supplied in Gaelic by the above forms, but in conjunction with the verb, affirmatively used, answering in tense and mood to that in which the command or question is put. Have you seen him? No. Am faca tu e? Cha 'n fhaca. Is he there? No. Am bheil e an sin? Cha 'n 'eil. Wilt thou depart? No. Am falbh thu? Cha 'n fhalbh. Wilt thou yield to him? No. An géill thu dha? Cha ghéill. Didst thou do it? No. An d'rinn thu e? Cha d' rinn.
NO, *adj.* Air bith, 's am bith, aon; with the negative preceding: There is no person there: *cha* 'n 'eil aon neach an sin. There was no man with him: *cha* robh *aon* duine maille ris. Let there be *no* strife between me and thee: *na* biodh comhstrith 's *am bith* eadar mise agus thusa.
NOBILITATE, *v. a.* Uaislich, àrd-uaislich.
NOBILITY, *s.* 1. Of family joined with splendour: àrd-uaisleachd, sean-uaisleachd. 2. rank of several degrees: àrd-uaisle, fhathaileachd. 3. persons: maithean, maitheannan, mòr-uaislean. 4. dignity, grandeur: fhathaileachd, uaisle, mòr-uaisleachd, àrd-urram, mòrachd, moraireachd.
NOBLE, *adj.* 1. Of an ancient and splendid family: urramach, uasal, flathail. 2. a rank above commonalty: uasal. 3. great, illustrious: mòr, àrd, cliùiteach, allail, mòrdha. 4. sublime: àrd, òirdheirc, greadhnach. 5. magnificent: allail oirdheirc. 6. generous, liberal: fial, fiùghantach, fialaidh, saor. 7. principal: àrd, prìomh.
NOBLE, *s.* Uasal, flath, mor-fhear, morair.
NOBLEMAN, *s.* Uasal, flath, morair.
NOBLENESS, *s.* Uaisle, uaisleachd, flathaileachd, àrd-uaisleachd.
NOBLESS, *s.* Maithean, maitheanachd, mòr-uaislean.
NOBLY, *adv.* See Noble, *adj.*
NOBODY, *s.* Aon, a h-aon, aon air bith, neach, neach air bith, neach 's am bith; preceded by a negative in the sentence.
NOCENT, *adj.* 1. Guilty, criminal: ciontach, coireach. 2. hurtful, mischievous: lochdach, cronail, aimhleasach, dochannach, ciùrrail.
NOCK, *s.* 1. A slit, a nick, a notch: eag, sgoltadh. 2. the fundament: noig.
NOCK, *v. a.* Cuir 's an eag.
NOCKED, *adj.* Eagach, eagaichte.
NOCTUARY, *s.* Cunntas oidhche, eachdraidh oidhche.
NOCTURN, *s.* Aoradh oidhche.
NOCTURNAL, *adj.* Oidhcheach, oidhcheil, 's an oidhche.
NOD, *v. a.* et *n.* 1. Bend, incline: aom, claon. 2. shake: crith, crithich. 3. decline the head with a quick motion: lùb, crom, dean cromadh cinn. 4. downwards with quick motion: crom, sleuchd. 5. be drowsy: bi turra-chodalach.
NOD, *s.* 1. Of the head: cromadh, smèideadh. 2. a quick declination: leagadh, claonadh, aomadh. 3. of the head in drowsiness: turrabanaich, norradh.
NODATION, *s.* Snaidhmeadh, snaidhmeachadh.
NODDEN, *adj.* Aomta, claonta, crom, crom-cheannach.
NODDER, *s.* 1. Fear-aomaidh, fear-cromaidh. 2. a drowsy person: neach turra-chodalach.
NODDLE, *s.* Claigeann, ploc, cnuac, spuachd.
NODDY, *s.* Gurraiceach, burraidh, ùmaidh.
NODE, *s.* Snaidhm, meall, snaidhmeadh.
NODULES, *s.* Cnapan, snaidhmean, meallan.
NOG, *s.* 1. A little pot: nogan, noigean. 2. ale: leann. 3. of a mill: claban.

Noggen, *adj.* Cruaidh, garbh, teann.
Noggin, *s.* Noigean, gogan, miodaran, sùileag.
Noise, *s.* 1. Any kind of sound: fuaim, farum, tartar, toirm, torman. 2. of voices, or of a voice: glaodh, gleadhar, sgreml, iolach, guth, gaoir, gàir, crònan. 3. outcry, clamour: gaoir, gàir, iolach, glaodh. 4. occasion of talk: gaoir, gàir, fuaim, buaireas.
Noise, *v. a.* et *n.* 1. By rumour or report: sgaoil, aithris. 2. sound loud: fuaimnich, seirm.
Noiseful, *adj.* Fuaimneach, farumach, gleadhrach, tartarach, bruidhneach.
Noiseless, *adj.* Gun fhuaim, neo-fharumach, tosdach.
Noisiness, *s.* Fuaimneachd, farumachd, gleadhachd, bruidhneachd.
Noisemaker, *s.* Fear fuaimneach, neach fuaimneach, bruidhneach, no, gleadhrach, glagair, glagan, clabsgàin.
Noisome, *adj.* 1. Noxious, mischievous: cronail, lochdach, ciùrrail, aimhleasach. 2. unwholesome: neo-fhallain, cronail. 3. offensive, disgusting: sgreataidh, sgreamhail, daochail, déisdinneach.
Noisomely, *adv.* See Noisome.
Noisomeness, *s.* Sgreatachd sgreamhalachd, daochalachd. See Noisome.
Noisy, *adj.* 1. Sounding loud: fuaimneach, farumach, tartarach. 2. clamorous, turbulent: tuasaideach, buaireasach, gleadhrach.
Noll, *s.* See Noddle.
Nolition, *s.* Aindeonachd, aindeoin.
Nomad, } *adj.* Falbhanach, siùbhlach, arrabanach,
Nomadic, } fiadhaich, borb.
Nomancy, *s.* Ainm-fhiosachd.
Nombles, *s.* Greallach féidh.
Nome, *s.* Mòr-roinn, earrann dùthcha.
Nomenclator, *s.* Gairmeadair ainmean, ainm gharmadair.
Nomenclature, *s.* 1. Act of naming: ainmeachadh, sloinneadh. 2. a vocabulary, a dictionary: foclair, focal-chlàr.
Nominal, *adj.* Ainmeach, fuidh ainm, a thaobh ainme.
Nominally, *adv.* Air ainm, gu h-ainmeach.
Nominate, *v. a.* Ainmich, gairm air ainm, cuir sìos air ainm.
Nomination, *s.* Ainmeachadh, sloinneadh, còirainmeachaidh.
Nominative, *s.* (In grammar,) gairmeannach.
Nominator, *s.* Fear-ainmeachaidh.
Nominee, *s.* Neach ainmichte.
Non, *adv.* In composition: neo, mi.
Nonage, *s.* Og aois, aois leanabais.
Nonaged, *adj.* Òg-aoiseach, fuidh làn aois.
Noncompliance, *s.* Diùltadh, obadh, àicheadh.
Nonconformity, *s.* Neo-aontachadh, neo-aonta.
Nondescript, *adj.* Neo-mhìnichte, neo-shloinnte, do-shloinnidh.
None, *adj.* Aon, neach, ni, neach air bith, ni air bith, neach 's am bith, ni 's am bith; of things, a' bheag: all requiring the negative to precede them in the sentence.
Nonentity, *s.* Neo-nìtheachd, neo-bhith.
Nonexistence, *s.* Neo-bhith, neo-bhitheachd.
Nonjuring, *adj.* A dhiùltas mionnachaidh do 'n righ.
Nonjuror, *s.* Fear-diùltaidh mhionnan do 'n righ.
Nonpareil, *s.* Barrachd, òirdheirceas.
Nonpareil, *adj.* Barrachdail, òirdheirc.
Nonplus, *s.* Iom-cheist.
Nonplus, *v. a.* Cuir an iom-cheist, cuir 'n a thosd.
Nonresidence, *s.* Neo-chòmhnuidh.
Nonresident, *s.* Neo-thàmhaiche, fear o 'n bhaile, no, á 'dhùthaich féin.
Nonresident, *adj.* Neo-chòmhnuidheach, no-thàmhach.
Nonresistance, *s.* Làn-ghéill, làn-ùmhlachd, ùmhlachd gun chunnuil.
Nonresistant, *adj.* Làn-ghéilleach, làn-ùmhal.
Nonsense, *s.* Faoineachd, baothaireachd, bòilich, neo-sheadh.
Nonsensical, *adj.* Faoin, baoth, neo-sheadhach.
Nonsensically, *adv.* See Nonsensical.
Nonsensicalness, *s.* Neo-sheadhachd, faoineachd, baothachd.
Nonsensitive, *adj.* Neach neo-mhothachail.
Nonsparing, *adj.* Neo-thlusail, neo-thròcaireach, cruaidh-chridheach.
Nonsuit, *v. a.* Cuir stad air cùis lagha.
Noodle, *s.* Burraidh, baoghlan, amadan.
Nook, *s.* Niùc cùil, oisinn, cèarn.
Noon, *s.* Meadhon là, nòin.
Noon, *adj.* Meadhon-lathach, nòineach.
Noonday, *s.* See Noon, *s.*
Noonday, *adj.* See Noon, *adj.*
Nooning, *s.* 1. Noon-rest: fois nòin, codal nòin. 2. repast at noon: biadh nòin.
Noontide, *s.* See Noon, *s.*
Noontide, *adj.* See Noon, *adj.*
Noose, *s.* Lùb ruith, snaidhm ruith.
Noose, *v. a.* Rib, cuir an sàs.
Nor, *conj.* No, ni mò, ni 's mò, cha mhò.
Normal, *adj.* Riaghailteach, a réir riaghailt.
North, *s.* An àirde tuath, tuath.
North, *adj.* Tuath, tuathach, á tuath.
Northeast, *s.* An àirde 'n ear thuath, an ear thuath.
Northerly, *adj.* See North, *adj.*
Northern, *adj.* Tuathach.
Northstar, *s.* Reul thuathach, reul na h-àirde tuath, reul iùil.
Northward, } *adj.* et *adv.* Mu thuath.
Northwards, }
Northwest, *s.* An àirde an iar thuath, an iar thuath.
Northwind, *s.* A' ghaoth á tuath, gaoth tuath.
Norwegian, *s.* et *adj.* Lochlunnach.
Nose, *s.* 1. On the face: sròn. 2. of any thing: sròn, gob, rinn. 3. scent, sagacity: fàile, sicireachd.
Nose, *v. a.* et *n.* 1. Scent, smell: srònaisich, gabh fàile. 2. oppose: cuir aghaidh air, thoir aghaidh air. 3. look big, bluster: dean ràiteachas, bi uaibhreach.
Nosed, *adj.* Srònach, srònagach.
Nosegay, *s.* Badan ùir-bhlàth, blàth-fhleasg.

Noseless, *adj.* Gun sròn, neo-shrònach, maol-cud-anach.
Nosology, *s.* Eòlas, no, cunntas ghalaran, eòlas nan eucail.
Nosopoetic, *adj.* Galarach, tinneasach, marbhtach.
Nosesmart, *s.* Biolar.
Nostril, *s.* Cuinnean, pollair.
Nostrum, *s.* Leigheas dìomhair, leigheas cleasachd.
Not, *adv.* Cha, ni, cha 'n è, ni h-eadh. I will not move: *cha* gluais mi. That is not true: *cha 'n* eil sin fìor. As a word of prohibition, or deprecation: ṅa. Stand in awe, and sin not: biodh eagal oirbh, agus *ṅa* peacaichibh.
Notable, *adj.* Urramach, beachdaidh, beachdail, comharraichte, ainmeil.
Notableness, *s.* Urramachd, beachdalachd, beachd-aidheachd, ainmealachd.
Notably, *adv.* See Notable.
Notary, *s.* Fear lagha, nòtair, sgrìobhair.
Notation, *s.* 1. Act or practice of recording any thing by marks: sgrìobhadh, comharrachadh, cur sìos. 2. meaning, signification: seadh, ciall.
Notch, *s.* Eag, feag, peasg.
Notch, *v. a.* Eagaich, feagaich, peasg, gèarr clais.
Note, *s.* 1. Mark, token: comharradh. 2. notice, heed: fios, aire. 3. reputation: inbhe, ainm, cliù, iomradh. 4. reproach, stigma: mi-chliù, tàir, tàmailt. 5. information, intelligence: fios, iom-radh, faireachadh. 6. state of being observed: follus, fios, aire. 7. harmonic sound: téis, fonn. 8. single sound in music: ponc. 9. short hint, memorial register: cuimhneachan. 10. a small letter: litir sanais, litir bheag. 11. a written pa-per: sgrìobhadh. 12. a paper given in confession of a debt: bann, bann-sgrìobhta. 13. explanatory annotation: mìneachadh.
Note, *v. a.* 1. Mark: comharraich. 2. observe, heed: thoir fainear, thoir aire, beachdaich, gabh beachd. 3. deliver, set down: cuir sìos, comhar-aich.
Notebook, *s.* Leabhar-cuimhneachaidh.
Noted, *adj.* Comharraichte, ainmeil, sònruichte.
Notedly, *adv.* See Noted.
Notedness, *s.* Ainmealachd.
Noteless, *adj.* Neo-ainmeil, neo-chomharaichte.
Noter, *s.* 1. He who takes notice: fear-aire, fear-beachdachaidh. 2. an annotator: fear-mìneach-aidh.
Nothing, *s.* Neo-ṅi, dad, sìon. The two latter re-quire before them the negative *cha*. There is nothing here: *cha* 'n 'eil *dad* an so. When it sig-nifies; not any thing, no particular thing: a bheag, ni air bith, ni 's am bith. There shall nothing die: cha 'n fhaigh *a bheag* bàs.
Nothingness, *s.* Neo-ṅitheachd.
Notice, *s.* 1. Observation, regard: aire, beachd. 2. information, intelligence: fios, rabhadh, sanas.
Notice, *v. a.* Beachdaich, thoir aire, thoir fainear.
Notification, *s.* Fios, guth, fios-thabhairt, cur an céill, foillseachadh, innseadh.
Notify, *v. a.* Thoir fios, cuir an céill, innis, foillsich.
Notion, *s.* Barail, beachd, smuain, breithneachadh.
Notional, *adj.* Baraileach, smuainteach, beachd-ach, inntinneach.
Notionally, *adv.* See Notional.
Notoriety, *s.* Ainmealachd, folluiseachd, fiosrach-adh.
Notorious, *adj.* Folluiseach, fiosraichte, soilleir, ainmeil, comharraichte.
Notoriously, *adv.* See Notorious.
Notoriousness, *s.* See Notoriety.
Nott, *adj.* Lom, beàrrta.
Notwithstanding, *conj.* 1. Without hindrance or obstruction from: a dh' aindeon. Notwithstand-ing his prohibition: *a dh' aindeon* a thoirmeasg. 2. nevertheless, however: gidheadh.
Notus, *s.* A' ghaoth deas, a' ghaoth á deas.
Novation, *s.* Atharrachadh, mùthadh, nuadhach-adh.
Novel, *adj.* Annasach, ùr, nuadh, nodha.
Novel, *s.* 1. Novelty: annas. 2. a tale, generally of love: ùr-sgeul, faoin-sgeul, sgeulachd.
Novelist, *s.* 1. Innovator, assertor of novelty: See Novator. 2. a writer of novels: fear ùr-sgeul, ùr-sgeulaiche, faoin-sgeulaiche.
Novelty, *s.* Annas, annasachd, nuadhachd, ùrachd.
November, *s.* Ceud mìos a' gheamhraidh.
Novenary, *s.* Naodhnar.
Nought, *s.* Neo-ṅi. Set at nought: cuir an neo-bhrigh.
Novice, *s.* 1. A fresh man: foghlumaiche, neach neo-theòma. 2. in theology: ùr-chreidmheach.
Novitiate, *s.* Ùr-thoiseach, ùine-foghluim.
Novitious, *adj.* Ùr-fhoghluimte, annasach.
Novity, *s.* See Newness.
Noun, *s.* Ainm, ainm-fhocal.
Nourish, *v. a.* Àraich, beathaich, eiridinn, tog, oil-eanaich, altruim.
Nourishable, *adj.* So-bheathachaidh, so-eiridnidh, so-thogail.
Nourisher, *s.* Fear-àraich, fear-beathachaidh, fear-eiridnidh.
Nourishment, *s.* Beathachadh, àrach, eiridinn, tog-ail, lòn.
Noursling, *s.* See Nursling.
Nousle, *v. a.* 1. Nnrse up: àraich, tog, altruim. 2. entrap: rib, glac, cuir an sàs.
Now, *adv.* A ṅis, ṅis, an dràsda, an ceart uair, 's an àm, 's an àm so, 's a' cheart àm, air an uair.
Nowadays, *adv.* A ṅis, 's na làithibh so.
Noway, Noways, *adv.* Idir, air dhòigh 's am bith. Re-quiring a negative to precede.
Nowhere, *adv.* An àit 's am bith. With a preced-ing negative. It is nowhere to be found: *cha* 'n fhaighear e an àit 's am bith.
Nowise, *adv.* See Noway.
Noxious, *adj.* 1. Hurtful, baneful: aimhleasach, cronail, lochdach, dochannach. 2. unwholesome: neo-fhallain. 3. guilty, criminal: ciontach, coir-each. 4. unfavourable, unkindly: neo-chaoimh-neil, neo-fhallain.
Noxiously, *adv.* See Noxious.
Nozle. *s.* Sròn, bus, soic, smeachan, gnos.
Nubble, *v. a.* Bruth, pronn le dòrnaibh, gréidh.

Nubiferous, *adj.* Neulach, a' toirt neul.
Nubilate, *v. a.* Neulaich, dorchaich.
Nubile, *adj.* Ion-phòsda, ion-phòsaidh, aig aois pòsaidh.
Nubilous, *adj.* Neulach, neulmhor, dubharach.
Nuciferous, *adj.* Cnòthach, cnòthar.
Nucleus, *s.* Eitean, buillsgean, cridhe.
Nudation, *s.* Lomadh, rùsgadh.
Nude, *adj.* Lom, rùisgte, lomnochd.
Nudity, *s.* See Nakedness.
Nugatory, *adj.* Faoin, dìomhain, baoth, suarach, gun fhiù.
Nuisance, *s.* Cùis-sgreat, déisdinn gairistinn, trustaireachd, salchar.
Null, *v. a.* Cuir as, cuir as do, cuir gu neo-ni, dean dìomhain.
Null, *adj.* Neo-nitheach gun fheum, neo-stàthach, falamh, dìomhain.
Nullify, *v. a.* See Null, *v.*
Nullity, *s.* 1. Want of force, or efficacy: neo-thairbhe, neo-éifeachd. 2. want of existence: neo-bhitheachd.
Numb, *adj.* Fuair-rag, rag le fuachd, meilichte.
Numb, *v. a.* Meilich, marbh le fuachd.
Numbedness, *s.* Fuar-raige, marbh-fhuachd, meileachadh.
Number, *v. a.* Àir, àireamh, àireamhaich, cunnt, dean suas.
Number, *s.* 1. The species of quantity by which it is computed how many: àireamh, cunntas, uimhir. 2. many, more than one: àireamh, mòran. 3. harmony: fonn, seirm. 4. poetry: rannachd, fonn.
Numberer, *s.* Fear-àireamh, uibhreachan, fear-cunntais.
Numberless, *adj.* Do-àireamh, gun àireamh.
Numbles, *s.* Greallach féidh.
Numbness, *s.* See Numbedness.
Numerable, *adj.* So-àireamh.
Numeral, *adj.* Àireamhach, àireamhail.
Numerally, *adv.* See Numeral.
Numerate, *v. a.* See Enumerate.
Numeration, *s.* Àireamhachadh, cunntadh, àireamh.
Numerator, *s.* Uibhreachan, uibhriche, fear-àireamh.
Numerical, *adj.* Àireamhach, àireamhail.
Numerically, *adv.* See Numerical.
Numerist, *s.* Fear-àireamh, uibhriche, fear-cunntaidh.
Numerosity, *s.* Lìonmhorachd, iomadachd.
Numerous, *adj.* Lìonmhor, iomadaidh, iomadach.
Numerously, *adv.* See Numerous.
Numerousness, *s.* Lìonmhorachd, iomadachd.
Nummary, } *adj.* Airgiodach, a bhuineas do dh' airgiod.
Nummular, }
Numps, *s.* Baoghair, baoghlan, gurraiceach.
Numskull, *s.* 1. A dullard, a blockhead: tamhasg, burraidh, amadan, bumailear. 2. the head, in burlesque: cnuac, ploc, spuaic.
Nun, *s.* Cailleach dhubh, ban-naomh phàpanach, té aonarach.
Nuncio, *s.* Teachdaire, fear-naidheachd.
Nuncupate, *v. a.* Glaodh gu folluiseach, cuir os àrd.
Nuncupative, } *adj.* A chuireas an céill gu folluiseach.
Nuncupatory, }
Nundinal, } *adj.* Féilltach, margail.
Nundinary, }
Nunnery, *s.* Tigh chailleacha dubha, cill.
Nuptial, *adj.* A bhuineas do phòsadh.
Nuptials, *s.* Pòsadh, bannais.
Nurse, *s.* 1. Of another's child: ban-altrum, bean-altruim. 2. of a sick person: ban-altrum, bean-eiridnidh. 3. who breeds, educates, or protects: muime, ban-oide. 4. in contempt: cailleach. 5. the state of being nursed: altrum.
Nurse, *v. a.* 1. A child, or any other young: altruim, àraich, tog. 2. a child not one's own: altruim, macail. 3. feed, maintain: àraich, beathaich, tog. 4. the sick: eiridinn, altruim. 5. pamper, foment, encourage: tog, brosnuich, misnich.
Nurser, *s.* Altrumaiche, fear-altruim.
Nursery, *s.* 1. The act or office of nursing: altrum, eiridneadh, macaladh, altrumas. 2. of young trees: lìos òg chrann, craobh lios. 3. where young children are nursed: seòmar altumais, seòmar cloinne.
Nursling, *s.* Dalta, ban-dalta.
Nurture, *s.* 1. Food, diet: biadh, lòn, teachd-an-tìr. 2. education, institution: àrach, oilean, foghlum.
Nurture, *v. a.* Tog, àraich, tog suas, foghluim, teagaisg, ionnsuich.
Nustle, *v. a.* Eiridinn, tataidh.
Nut, *s.* Cnò, cnùth.
Nut, *v. a.* Tionail cnothan.
Nuthook, *s.* Cromag chnò.
Nutshell, *s.* Slige chnotha, plaosg.
Nutriment, *s.* Beathachadh, lòn, àrach, teachd-an-tìr, biadh.
Nutrimental, *adj.* Beathachail, biadhach, biadhar, àrachail.
Nutrition, *s.* See Nutriment.
Nutritious, } *adj.* See Nutrimental.
Nutritive, }
Nuzzle, *v. a.* Altruim, eiridinn, macail, tog.
Nymph, *s.* 1. Of the woods, meadows, or waters: ban-dia choilltean, no, uisgeachan. 2. in poetry: òigh, ainnir, rìbhinn, maighdean, cailin, maisemnà, gruagach.
Nymphish, *adj.* Ainnireach, òigheil, rìbhinneach, maighdeanail.
Nymphlike, } *adj.* See Nymphish.
Nymphly, }

O, *interj.* O, a. The former used when adhibited separately, as well as when the sign of the vocative; the latter used only as the sign of the vocative.
OAD, *s.* See Woad.
OAF, *s.* 1. A child left by the fairies: luspardan, sìothchair. 2. a dolt, an idiot: amadan, ùmaidh, ònaid, òinseach.
OAFISH, *adj.* Baogh, amaideach, amadanach, ònaideach, òinseachail.
OAFISHNESS, *s.* Baoghaltachd, amaideachd, amadanachd, ònaideachd, òinseachalachd.
OAK, *s.* Darach.
OAKAPPLE, *s.* Cnò dharaich.
OAKEN, *adj.* Darach, daraich.
OAKLING, *s.* Òg-dharach.
OAKUM, *s.* Calcadh.
OAR, *s.* Ràmh.
OAR, *v. a.* et *n.* Iomair, iomraim, dean iomradh.
OARY, *adj.* Ràmhach.
OAT, *s.* Coirc, corc.
OATCAKE, *s.* Breacag choirce, aran coirce.
OATEN, *adj.* Coirceach, coirce, corcach.
OATH, *s.* Mionn, mionnan. A false oath: mionnan eithich.
OATHBREAKING, *s.* Eitheach, mionnan eithich, briseadh mhionnan.
OATMALT, *s.* Braich choirce.
OATMEAL, *s.* Min choirce.
OATS, *s.* Corc, coirc, sìol coirce, gràn coirce.
OBDUCE, *v. a.* Còmhdaich, tarruing thairis.
OBDUCTION, *s.* Còmhdachadh, tarruing thairis.
OBDURACY, *s.* Dùire, rag-mhuinealas, cruas-cridhe, neo-aithreachas.
OBDURATE, *adj.* 1. Of heart: rag-mhuinealach, cruaidh-chridheach, ro-aingidh. 2. firm, stubborn: cruaidh, danarra, cruadhaichte. 3. harsh, rugged: neo-thlusail, borb.
OBDURATELY, *adv.* See Obdurate.
OBDURATENESS, *s.* See Obduracy.
OBDURATION, *s.* Cruas-cridhe, rag-mhuinealas.
OBDURE, *v. a.* Cruadhaich, dean cruaidh-chridheach.
OBDUREDNESS, *s.* See Obduracy.
OBEDIENCE, *s.* Ùmhlachd, géill, strìochdadh.
OBEDIENT, *adj.* Ùmhal, strìochdail, èasguidh, soriaghlaidh.
OBEDIENTIAL, *adj.* Ùmhlachdail, strìochdail.
OBEDIENTLY, *adv.* See Obedient.
OBEISANCE, *s.* Fàilte, ùmhlachd, beic.
OBELISK, *s.* Carragh cloiche, uaigh-charragh.
OBEY, *v. a.* Strìochd, géill, thoir ùmhlachd do, freagair.
OBEYER, *s.* Fear-strìochdaidh, fear-géillidh.
OBJECT, *s.* Ni, cuspair, neach, rud, cùis, rùn, crìoch.
OBJECT, *v. a.* Cuir an aghaidh, diùlt, tilg suas.
OBJECTION, *s.* 1. Act of presenting any thing in opposition: cur an aghaidh, tagradh. 2. criminal charge: coire, dìteadh, tagradh, cùis-dhìtidh. 3. adverse argument: cunnuil. 4. fault found: coire, fàth-ghearain, talach.
OBJECTIVE, *adj.* Cuspaireach, cùiseach.
OBJECTOR, *s.* Fear tagrach, fear-cunnuil, fear-cuir an aghaidh, fear-diùltaidh.
OBIT, *s.* Tòrradh, adhlacadh, falair.
OBITUARY, *s.* Bàs-chlar, clàr-innsidh nam marbh.
OBJURGATE, *v. a.* Cronaich, achmhasanaich, troid.
OBJURGATION, *s.* Cronachadh, achmhasan, trod.
OBJURGATORY, *adj.* Achmhasanach, cronachail, trodach.
OBLATION, *s.* Tabhartas, ofrail, ìobairt.
OBLECTATE, *v. a.* See Delight, *v.*
OBLIGATE, *v. a.* Ceangail, ceangail le bann, no comain, cuir mar fhiachaibh air.
OBLIGATION, *s.* 1. Of any oath, vow, or duty: ceangal, bann, còir, dleasdanas. 2. contract: cùmhnant, cumha. 3. an act which binds any one to some performance: ceangal, bann. 4. favour: comain.
OBLIGATORY, *adj.* Ceangaltach, cùmhnantach, comaineach, mar fhiachaibh air.
OBLIGE, *v. a.* 1. Bind, impose obligation, compel to something: cuir mar fhiachaibh air, thoir air, éignich. 2. indebt: cuir fuidh chomain, cuir mar chomain, cuir comain air. 3. gratify: toilich.
OBLIGEE, *s.* Neach fuidh chomainibh.
OBLIGER, *s.* 1. That which imposes obligation: comain, fear-comain. 2. one who binds: fear cùmhnantachaidh.
OBLIGING, *adj.* Comaineach, coingheallach, càirdeach, suairc, còir.
OBLIGINGLY, *adv.* See Obliging.
OBLIGINGNESS, *s.* 1. Obligation, force: éigin, ceangaltachd. 2. civility, complaisance: suairceas, còireachd, coingheallachd.
OBLIQUE, *adj.* Cam, fiar, crom, siar, claon, cam-charach.
OBLIQUELY, *adv.* See Oblique.
OBLIQUENESS, } *s.* 1. From physical rectitude:
OBLIQUITY, } fiaradh, siaradh, camadh, cromadh. 2. from moral rectitude: claonadh, cluaintearachd, carachd.
OBLITERATE, *v. a.* Dubh as, dubh a mach, cuir as, mill.

Obliteration, *s.* Dubhadh as, dubhadh a mach, cur as, milleadh.

Oblivion, *s.* 1. Forgetfulness, cessation of remembrance: dì-chuimhne, dearmad, làn dì-chuimhn. 2. amnesty: maitheanas, maitheanas coitchionn.

Oblivious, *adj.* Dì-chuimhneach, dearmadach.

Oblong, *adj.* Cruinn-fhada, leth-fhada.

Oblongly, *adv.* See Oblong.

Oblongness, *s.* Cruinn-fhad, leth-fhaide.

Obloquious, *adj.* Droch-cainnteach, cùl-chainnteach, tàmailteach.

Obloquy, *s.* Droch-cainnt, cùl-chainnt, masladh, tàir, tuaileas.

Obnoxious, *adj.* 1. Subject: dualach. 2. to punishment: buailteach do. 3. not of sound reputation: coireach, neo-chliùiteach. 4. liable, exposed: buailteach do, rùisgte do.

Obnoxiously, *adv.* See Obnoxious.

Obnoxiousness, *s.* Buailteachd do, rùisgteachd do.

Obreption, *s.* Crùbadh, snàigeadh, sèapadh, èaladh.

Obrogate, *v. a.* See Abrogate.

Obscene, *adj.* 1. Not agreeable to chastity of mind: draosda, drabasda, macnusach, neo-ghlan. 2. offensive, disgusting: déisdinneach, fuathmhor, sgreataidh. 3. inauspicious: tual, ceàrr.

Obscenely, *adv.* See Obscene.

Obsceneness, **Obscenity**, *s.* Draosdachd, drabasdachd, macnusachd, neo-ghloine.

Obscuration, *s.* Dorchadh, duirche, doilleireachadh, doilleireachd.

Obscure, *adj.* 1. Unenlightened, gloomy: dorcha, doilleir, dubharach. 2. in the dark: uaigneach, uamhach, folaichte. 3. not easily intelligible: dorcha, doilleir, deacair, dìomhair. 4. not observable: uaigneach, neo-ainmeil, neo-fholluiseach.

Obscure, *v. a.* 1. Make dark: dorchaich, doilleirich, neulaich. 2. make less visible: ceil, folaich. 3. make less intelligible: dorchaich, dean doirbh, dean deacair. 4. make less glorious, or illustrious: sgàilich, cuir sgàil air. 5. make unknown: ceil, folaich.

Obscurely, *adv.* See Obscure, *adj.*

Obscureness, **Obscurity**, *s.* 1. Want of light: duirche, doilleireachd. 2. unnoticed state: uaigneachd, uaigneas. 3. of meaning: deacaireachd, doirbheachd.

Obsecrate, *v. a.* Guidh, grios, asluich, athchuingich.

Obsecration, *s.* Guidheadh, griosadh, asluchadh.

Obsequent, *adj.* Ùmhal, strìochdail, dleasdanach.

Obsequies, *s.* Tuireadh, adhlacadh, bròn-adhlacaidh, tòrradh, marbhrann.

Obsequious, *adj.* Ùmhal, èasgaidh, strìochdail, fritheilteach.

Obsequiously, *adv.* See Obsequious.

Obsequiousness, *s.* Ùmhlachd, strìochdalachd, fritheilteachd.

Obsequy, *s.* See Obsequies.

Observable, *adj.* So-fhaicsinneach, comharaichte, soilleir, so-chomharraichte.

Observably, *adj.* See Observable.

Observance, *s.* 1. Ceremonial reverence: modh, urram, ùmhlachadh. 2. rite: aoradh, gnàth-aoraidh. 3. attentive practice: deas-ghnath, aire. 4. rule of practice: riaghailt. 5. careful obedience: deas-ùmhlachd, làn-ùmhlachd. 6. attention: aire, faicill. 7. reverential attention: spéis, urram, meas.

Observancy, *s.* Aire, faicill, cùram, spéis.

Observant, *adj.* 1. Diligent, watchful: aireil, faicilleach, cùramach. 2. respectful of: spéis-thabhairteach, fritheilteach do. 3. respectfully attentive of: spéis-thabhairteach, cùramach.

Observation, *s.* 1. Act of observing, or remarking: beachd, beachdachadh, dearcadh, aire, toirt fainear. 2. shew, exhibition: sealladh, amharc. 3. notion gained by observing: fios, fiosrachadh, sealladh. 4. ritual practice: deas-ghnath, deasghnàthachadh, frithealadh.

Observatory, *s.* Tigh-seallaidh, tigh-amhairc nan reul.

Observe, *v. a.* et *n.* 1. Watch, regard attentively: beachdaich, dearc, seall air, amhairc. 2. find by attention, note: thoir fainear, fiosraich. 3. keep religiously: gléidh, coimhid. 4. practise ritually: fritheil air, coimhid, coimhlion. 5. obey, follow: thoir ùmhlachd, lean. 6. be attentive: bi air t' fhaicill. 7. make a remark: thoir fainear.

Observer, *s.* 1. One who looks vigilantly: fear-amhairc, fear-aire, fear-beachdachaidh. 2. one who keeps any law, or practice: fear-gleidhidh, fear-coimhid.

Observingly, *adv.* Gu faicilleach, gu cùramach.

Obsession, *s.* Séisd, séisdeadh.

Obsignate, *v. a.* Seulaich, socruich, suidhich.

Obsolete, *adj.* Sean, sean-aimsireil, neo-chleachdach.

Obsoleteness, *s.* Seanachd, sean-aimsireachd, neo-chleachdaidheachd.

Obstacle, *s.* Grabadh, amaladh, bac, bacadh, cnapstarraidh, ball-toirmisg.

Obstinacy, *s.* Dùire, danarrachd, reasgachd, raige, rag-mhuinealas.

Obstinate, *adj.* Dùr, danarra, reasgach, rag, ceann-làidir, rag-mhuinealach, crosda.

Obstinately, *adv.* See Obstinate.

Obstinateness, *s.* See Obstinacy.

Obstreperous, *adj.* Gleadhrach, fuaimneach, buaireasach, labhrach, glagaireach.

Obstreperously, *adv.* See Obstreperous.

Obstreperousness, *s.* Gleadhrachd, fuaimneachd, buaireasachd, labhrachd, glagaireachd.

Obstriction, *s.* Ceangal, ceangaltas, bann, daingneachadh.

Obstruct, *v. a.* 1. Block up, bar: druid, dùin suas, iom-dhruid. 2. oppose, retard, hinder: bac, amail, cuir an aghaidh.

Obstructer, *s.* Fear-druididh, fear-dùnaidh, fear-bacaidh.

Obstruction, *s.* 1. Hindrance, difficulty: bac, bacadh, amladh. 2. See Obstacle.

Obstructive, *adj.* Amalach, grabach.

Obstructive, *s.* See Impediment, and Obstacle.

Obstruent, *adj.* See Obstructive.
Obstupefaction, *s.* Marbhantachd, no thoirtealachd, tuaineul, sgleò.
Obtain, *v. a.* et *n.* 1. Acquire, procure: buannaich, coisinn, faigh. 2. keep, hold: cum, gléidh. 3. continue in use: mair, buanaich. 4. be established: bi seasmhach, bi daingean.
Obtainable, *adj.* So-fhaotainn, so-chosnaidh.
Obtainer, *s.* Fear-cosnaidh, fear-buannachaidh.
Obtainment, *s.* Cosnadh, faotainn, buannachadh.
Obtemperate, *v. a.* Strìochd, géill, thoir géill do.
Obtend, *v. a.* Cuir an aghaidh, cum a mach, cuir 's an rathad.
Obtenebration, *s.* Duirche doilleireachd, neulachd.
Obtension, *s.* Cur an aghaidh.
Obtest, *v.* et *n.* Asluich, guidh, grios.
Obtestation. *s.* Asluchadh, guidheadh, griosad.
Obtrectation, *s.* Cùl-chainnt, cùl-chàineadh, tuaileas, maslachadh.
Obtrude, *v. a.* Fòirn, puc, sàth, rach gun chuireadh.
Obtruder, *s.* Sgimilear, fear-fòirnidh, fear ladarna.
Obtruncate, *v. a.* Sgud, sgath, geàrr dheth.
Obtruncation, *s.* Sgudadh, sgathadh, gearradh dheth.
Obtrusion, *s.* Fòirneadh, sgimilearachd, bleidireachd, ladarnas.
Obtrusive, *adj.* Sgimilearach, bleidireach, ladarna.
Obtund, *v. a.* Tromaich, lagaich, maolaich, dean maol.
Obtuse, *adj.* 1. Not pointed, not acute: maol, neo-gheur. 2. not quick, dull: clod-cheannach, marbhanta, trom-cheannach.
Obtusely, *adv.* See Obtuse.
Obtuseness, *s.* Maoile, neo-gheurachd, clod-cheannachd, trom-cheannachd.
Obtusion, *s.* Maoladh.
Obvention, *s.* Tuiteamas, sealbh, tachartas.
Obversant, *adj.* See Conversant.
Obviate, *v. a.* Coinnich, thig 's an rathad, bac, tachair ri, grab.
Obvious, *adj.* 1. Meeting any thing: 's an rathad, 's an t-slighe. 2. open, exposed: so-fhaicsinneach, soilleir, fosgailte, rùisgte. 3. easily discovered, evident: so-fhaigheil, so-fhaotainn a mach, soilleir, furasda.
Obviously, *adv.* See Obvious.
Obviousness, *s.* So-fhaicsinneachd, so-léirsinneachd, soilleireachd.
Obumbrate, *v. a.* Neulaich, sgàilich, dorchaich.
Obumbration, *s.* Neulachadh, sgàileachadh, dorchadh.
Occasion, *s.* 1. Occurrence, incident: tuiteamas, tachartas. 2. opportunity: cothrom, fàth, àm, cion-fàth. 3. accidental cause: aobhar. 4. reason not cogent: cothrom, fàth, àm. 5. incidental need: feum, uireasbhuidh.
Occasion, *v. a.* 1. Cause casually: aobharaich. 2. produce: aobharaich, tàrmaich. 3. influence: thoir air, thoir mu 'n cuairt.
Occasional, *adj.* Tuiteamach, tachartach, air uairibh.
Occasionally, *adv.* Air uairibh, an dràsda 's a rìs, air amaibh.
Occasioner, *s.* Fear-aobharachaidh, fear-tàrmachaidh, màthair-aobhar.
Occident, *s.* An iar, an àirde an iar.
Occidental, *adj.* Iar, siar.
Occiput, *s.* Cùl a' chinn.
Occision, *s.* Marbhadh, casgradh.
Occlude, *v. a.* Druid suas, dùin suas.
Occlusion, *s.* Dùnadh suas, druideadh suas.
Occult, *adj.* Dìomhair, foluichte.
Occultation, *s.* Folach réil, reul-fholach.
Occultness, *s.* Dìomhaireachd, dorchadas.
Occupancy, *s.* Sealbh-ghlacadh, seilbh-ghabhail.
Occupant, *s.* Fear-sealbhachaidh, sealbhadair, fear-seilbhe.
Occupate, *v. a.* Gabh seilbh, tog seilbh.
Occupation, *s.* 1. Act of taking possession: sealbh-ghlacadh. 2. employment: obair, dreuchd, ealain, cèaird, gnothuch.
Occupier, *s.* 1. A possessor: fear-seilbhe, sealbhadair. 2. one who follows any employment: fear-céirde, fear-ealain.
Occupy, *v. a.* et *n.* 1. Possess, take up: gabh sealbh, sealbhaich, seilbhich, gleidh. 2. employ: saothraich, gnàthaich, caith. 3. follow as business: gnàthaich, lean. 4. use, expend: caith. 5. follow business: cuir gu buil, oibrich.
Occur, *v. n.* 1. To the memory, or attention: tachair, thig 's a' chuimhne. 2. here and there: tachair, taisbean an so 's an sud. 3. clash: buail, coinnich. 4. obviate, intercept: bac, thig 's an rathad.
Occurrence, *s.* Tachartas, tuiteamas, cùis-thachartais.
Occurrent, *s.* See Occurrence.
Occursion, *s.* Co-bhuille, co-bhualadh.
Ocean, *s.* Cuan, tamh, aigean, aibheis, fairge, muir.
Ocean, Oceanic, } *adj.* Cuantach, fairgeach.
Ocellated, *adj.* Sùileach, coltach ri sùil.
Ochre, *s.* Ruadh chailc, cailc-dhathaidh.
Ochreous, Ochrey, } *adj.* Ruadh-chailceach.
Octagon, *s.* Ochd-chearnach, ochd-shlisneag.
Octagonal, Octogonal, } *adj.* Ochd-chearnach, ochd-shlisneach.
Octangular, *adj.* See Octagonal.
Octavo, *adj.* Ochd-dhuilleagach, ochdamh, ochd-mheudach.
Octennial, *adj.* Ochd-bhliadhnach.
October, *s.* Mìas deireannach an fhoghair.
Octogenary, *adj.* Ochd-bliadhnach.
Octonacular, *adj.* Ochd-shuileach.
Octopetalous, *adj.* Ochd-bhileach, ochd-dhuilleach.
Octosyllable, *adj.* Ochd-shiollach.
Octuple, *adj.* Ochd-fhillteach, ochd-fillte.
Ocular, *adj.* Fuidh shealladh sùla. Ocular proof: dearbhadh sùla, fios sùla.
Oculist, *s.* Léigh shùl, sùil-léigh.
Odd, *adj.* 1. Not divisible into equal numbers: còrr, barrachdail. 2. uncouth, not like others:

gàbhaidh, neo-ghnàthach. 3. fantastical: neònach, àmhailteach. 4. uncommon, particular: ioghantach, sònruichte. 5. unlucky: neo-àghmhor, neo-shealbhach. 6. unlikely: neo-choltach, mi-chubhaidh.

ODDITY, *s.* Neònachas, neònachd, àmhailteachd, annas.

ODDLY, *adv.* See Odd.

ODDNESS, *s.* 1. State of not being even: còrr, barrachd. 2. strangeness, particularity: gàbhaidheachd, neo-ghnàthachd.

ODDS, *s.* 1. Inequality: còrr, barrachd. 2. more than an even wager: neo-choimeasachd, barrachd. 3. advantage, superiority: barrachd, làmh an uachdar. 4. quarrel: tuasaid, sabaid, carraid.

ODE, *s.* Duanag, luinneag, rann.

ODIBLE, *adj.* Fuathmhor, oillteil, gràineil.

ODIOUS, *adj.* Fuathmhor, gràineil, fuathach, grànda, déisdinneach.

ODIOUSLY, *adv.* See Odious.

ODIOUSNESS, *s.* Fuathmhorachd, gràinealachd, fuathachd, gràndachd, déisdinneachd.

ODIUM, *s.* Fuath, coire, tnùth, gamhlas.

ODORIFEROUS, *adj.* Boltrachail, cùbhraidh, deadh-bholtrachail.

ODORIFEROUSNESS, *s.* Cùbhraidheachd, deadh-bholtrachas.

ODOROUS, *adj.* See Odoriferous.

ODOUR, *s.* 1. Smell, scent: fàile, boladh. 2. fragrance: cùbhraidheachd, boltrachas.

OECONOMICS, *s.* Fearas-tighe, beanas-tighe, riaghladh-tighe.

OECONOMICAL, *adj.* See Economical.

OECUMENICAL, *adj.* Coitchionn.

OEDEMA, *s.* At, iongrachadh, marbh-at.

O'ER, *prep.* et *adv.* See Over.

OESOPHAGUS, *s.* Steic-bhràghad, deteigheach, slugan.

OF, *prep.* 1. Before the substantive following another in construction: de, dhe, a. 2. among superlative adjectives: de, dhe, dheth. 3. from: o. 4. concerning: mu, mu dhéighinn. 5. out of: á, ás, o. 6. among: de, dhe, dheth. 7. among: de, dhe. 8. by: le, leis. 9. according to: a réir, réir. 10. noting ability, power, choice, or spontaniety: o, dhe, de. 11. noting properties, qualities, or condition: dhe, de, do, air. 12. noting extraction: o, de, dhe. 13. noting adherence, or belonging: de, dhe, o. 14. noting the matter of any thing: de, dhe, do. 15. noting the motive: o. 16. noting faculties of power granted: de, dhe, o, á, as. 17. noting preference, or postponence: de, dhe, as. 18. noting change of one state to another: o, á, as. 19. noting proportion: de, am measg. 18. noting kind, or species: de, dhe.

OFF, *adv.* 1. Opposed to *on*: deth, dheth. Off and on: air is dheth. 2. noting distance: air falbh, as. 3. noting any kind of disappointment: air falbh, air cùl. 4. from not toward: air falbh. Well off: gu maith *dheth.* Ill *off*: gu h-olc *dheth.* Get *off*: faigh as, tàir as.

OFF, *interj.* Air falbh! as mo shealladh! á m' fhianuis.

OFF, *prep.* 1. Not on: de, dhe. 2. distant from: o.

OFFAL, *s.* 1. Waste meat: spruilleach, fuighleach. 2. carrion, coarse flesh: blionach, anablach. 3. refuse: fuigheall, dràib.

OFFENCE, *s.* 1. Crime: ciont, coire, droch-bheart. 2. a transgression: briseadh, dochair. 3. injury: olc, dochann, cron. 5. anger, displeasure conceived: oilbheum, tàmailt. 6. act of the assailant: ionnsuidh, ruathar, leum.

OFFENCEFUL, *adj.* Cronail, lochdach, dochannach, oilbheumach, tàmailteach.

OFFENCELESS, *adj.* Neo-chronail, neo-lochdach, neo-oilbheumach.

OFFEND, *v. a.* et *n.* 1. Make angry: cuir fearg air, tog fearg, feargaich. 2. assail: leum air, thoir ionnsuidh air, buail. 3. violate: bris, ciontaich. 4. injure: ciùrr, dean cron do. 5. transgress the law: bi ciontach, bi coireach, bris. 6. anger: brosnuich.

OFFENDER, *s.* Fear-brisidh, ciontach, coireach.

OFFENDRESS, *s.* Ban-chiontach, ban-choireach.

OFFENSIVE, *adj.* 1. Causing anger: oilbheumach, tàmailteach. 2. causing pain, injurious: ciùrrtach, cronail. 3. assailant: ciùrrtach, ionnsuidheach, tòiseachail. 4. disgusting: mi-thlachdmhor, fuathmhor.

OFFENSIVELY, *adv.* See Offensive.

OFFENSIVENESS, *s.* 1. Injuriousness: cron, lochd, ciùrrtachd, aimhleas, dochair. 2. cause of disgust: fuathachd, gràinealachd, fuathmhorachd.

OFFER, *v. a.* et *n.* 1. Present, to be taken, or received: tairg. 2. sacrifice, immolate: ìobair. 3. bid: tairg, tairg air son, tairg air. 4. attempt: oidhirpich, tòisich. 5. propose: tairg do. 6. be at hand: bi làthair, bi 's an làthair, bi am fagus. 7. make an attempt at: thoir oidheirp air.

OFFER, *s.* Tairgse, oidheirp.

OFFERABLE, *adj.* So-thairgsinn, so thairgseach.

OFFERER, *s.* 1. One who makes an offer: fear-tairgse, fear-tairgsinn. 2. one who sacrifices: fear-ìobraidh.

OFFERING, *s.* Tabhartas, ìobairt, ofrail.

OFFICE, *s.* 1. A public charge, or employment: dreuchd. 2. peculiar use: seirbhis, feum. 3. business: gnothuch, obair, seirbhis. 4. act of good or ill will, voluntarily tendered: tairgse. 5. act of worship: aoradh, seirbhis. 6. formulary: deas-ghnath aoraidh, riaghailt aoraidh. 7. rooms in a house appropriated to particular business: seòmraichean, seòmar-gnothuich.

OFFICE, *v. a.* Gnìomhaich, gnìomharaich, dèan, coimhlion,

OFFICER, *s.* 1. Employed by the public: fear dreuchd. 2. in the army: ceannard, oifigeach. 3. one who has the power of apprehending criminals: maor.

OFFICIAL, *adj.* Dreuchdach, dreuchdail, dligheach.

OFFICIALLY, *adv.* See Official.

Officiate, *v. a.* et *n.* Gnìomhaich, gnàthaich, coimhlion, fritheil air dreuchd.
Officinal, *adj.* Bùthach, a bhuineas do bhùthceannaiche.
Officious, *adj.* 1. Kind: còir, càirdeach, coinghcallach. 2. importunately forward: meachranach, bleideil.
Officiously, *adv.* See Officious.
Officiousness, *s.* 1. Forwardness: meachranachd, bleidealachd. 2. service: seirbhis.
Offing, *s.* 1. To a distance from the land: seòladh, stiùradh o thìr. 2. a distance from the shore: doimhne, fairge, muir farsuing.
Offscouring, *s.* Farusg, sal, salchar, fuighleach.
Offset, *s.* Meangan, faillean, fiùran, ùr-fhàs.
Offspring, *s.* 1. Propagation, generation: gincamhuinn, sìolachadh. 2. the thing propagated, children: sìol, sliochd, gineal, àl, clann, iarmad. 3. production: toradh, fàs, cinneachadh.
Offuscate, *v. a.* Neulaich, dorchaich, doilleirich.
Offuscation, *s.* Neulachadh, dorchadh, doilleireachadh.
Oft, Often, } *adv.* Tric, minic, gu tric, gu minic.
Often, *adj.* Tric, minic.
Oftenness, *s.* Tricead.
Oftentimes, Oftimes, } *adv.* Tric, gu tric, iomadh uair.
Ogganition, *s.* Dranndan, dranndanachd.
Ogham, *s.* Oghum.
Ogle, *v. a.* Smèid, caog, dean miog-shuil ṙi.
Ogler, *s.* Fear-smèididh, fear-caogaidh, fear miogshuileach.
Ogling, *s.* Smèideadh, caogadh, miog-shuileachd.
Oh, *interj.* O, och, mo thruaighe.
Oil, *s.* Ola, oladh, ùilleadh.
Oil, *v. a.* Ùill, ùillich, cuir oladh air.
Oiliness, *s.* Ùillidheachd, ùilleachd, reamhrachd, mèathachd.
Oily, *adj.* Ùillidh, ùilleach, olach, reamhar, mèath.
Oint, *v. a.* Ung ùilich, smeur, tum, cuir ola air, ùill.
Ointment, *s.* Ol'-ungaidh, ola-leighis, acfhuinnshuathaidh, ùilleadh.
Old, *adj.* 1. Past the middle part of life: sean. 2. decayed by time: aosmhor, aosda. 3. of long continuance: sean. 4. not new: sean, aosda. 5. not modern: arsaidh, sean-aimsireil. 6. of any specified duration: a dh' aois. Forty years old: dà fhichead bliadhna *a dh' aois*. 7. subsisting before something else: sean. 8. long practised: sean. 9. of old: o shean, allad.
Olden, *adj.* Sean, sean-aimsireil, arsaidh.
Oldfashioned, *adj.* Sean-ghnàthach, seanaireach.
Oldish, *adj.* Lath-char sean, breac-shean, leth-char aosda.
Oldness, *s.* Seanachd, aosdachd, aosmhorachd, arsaidheachd.
Oleagenous, *adj.* See Oily.
Oleose, Oleous, } *adj.* See Oily.
Oldwife, *s.* Cailleach.
Olfactory, *adj.* Fàileach, a mhothaicheas fàile.
Olid, Olidous, } *adj.* Breun, lobhta, grod.
Oligarchical, *adj.* Iar-fhlaitheach.
Oligarchy, *s.* Iar-fhlaitheachd, uachdranachd mhaithean, flath-ṙiaghladh.
Olive, *s.* Crann-ola, meas a' chrainn-ola, dearc-ola.
Omega, *s.* Deireadh, crìoch, an litir dheireannach dhe 'n aibidil Ghreugach.
Omelet, *s.* Sgreabhag, bannach uibhean, ubhbhreacag.
Omen, *s.* Manadh, taragradh, comharradh maith, droch comharradh, ṙoimh-chomharradh.
Omentum, *s.* Sgairt, lìon a' mhionaich.
Ominate, *v. a.* et *n.* Fàisnich, targraich, ṙoimh-innis.
Ominous, *adj.* Deadh-tharagrach, ño, droch-tharagrach, mi-àdhmhor, no, àghmhor.
Ominously, *adv.* See Ominous.
Omission, *s.* Dearmad, dì-chuimhn, neo-chùram, neo-aire.
Omit, *v. a.* Dearmaid, dì-chuimhnich, leig air dearmad, fàg as.
Omniferous, *adj.* Uile-thabhairteach, uile-thorach.
Omnific, *adj.* Uile-dhèanadach.
Omniform, *adj.* Uile-chruthach, uile-dhealbhach.
Omnigenous, *adj.* Uile-ghnèitheach.
Omnipercipient, *adj.* Uil-fhiosrach, uil-eòlach.
Omnipotence, Omnipotency, } *s.* Uile-chumhachd.
Omnipotent, *adj.* Uile-chumhachdach.
Omnipotent, *s.* An t-uile-chumhachdach.
Omnipotently, *adv.* See Omnipotent, *adj.*
Omnipresence, Omnipresency, } *s.* Uile-làthaireachd.
Omnipresent, *adj.* Uile-làthaireach.
Omnipresential, *adj.* Uile-làthaireach.
Omniscience, Omnisciency, } *s.* Uil-fhiosrachd, uile-léirsinneachd.
Omniscient, *adj*, Uil-fhiosrach, uile-léirsinneach.
Omoplate, *s.* Cnàimh an t-slinnein.
Omy, *adj.* Ìmeach, reamhar.
On, *prep.* Air; in all its acceptations.
On, *adv.* Air aghairt, air aghaidh. When opposed to off: air.
On, *interj.* Air aghairt, air d' aghairt,
Once, *adv.* 1. One time: aon uair. 2. a single time: uair, uair-eigin. 3. the same time: an aon uair. 4. all at once: air ball. 5. formerly, at a former time: aon uair, uair-eigin.
One, *adj.* Aon, a h-aon.
One, *s.* Neach, urra, aon neach, aon ni, fear, tè. One another: gach a chéile, a chéile.
Oneeyed, *adj.* Aon-suileach, cam, leth-shuileach.
Oneness, *s.* Aonachd, aontachd, ionannachd.
Onerary, *adj.* Luchdail, lòdail, trom, eallachail.
Onerate, *v. a.* Luchdaich, eallaich, sacaich, cudthromaich, uallaich.
Oneration, *s.* Luchdachadh, sacachadh, cudthromachadh, uallachadh.
Onerous, *adj.* Trom, cudthromach, luchdmhor, sàrachail, sgìth.
Onion, *s.* Uinnean.

Only, *adj.* Aon, an t-aon, ach aon.
Only, *adv.* A mhàin, mhàin.
Onset, *s.* Ionnsuidh, ruathar, ceud-bhuille.
Ontology, *s.* Bith-eòlas, eòlas bhithean.
Onward, Onwards, *adv.* Air aghairt, air aghaidh.
Onward, *adj.* 1. Advanced, increased, improved: leasaichte. 2. conducting, leading forward to perfection: treòrachail, iùlmhor.
Onyx, *s.* Clach onics.
Ooze, *s.* 1. Soft mud: dràib, druaib, poll, làthach. 2. soft flow, spring: sìoladh, snith, snitheadh. 3. of a tanner's vat: cairt-uisge, sùgh-cartaidh.
Ooze, *v. n.* Snith, sil, drùidh.
Oozy, *adj.* Dràibeach, làthachail, snitheach, silteach.
Opacity, *s.* Duirche, doilleireachd, duibhre.
Opacous, *adj.* Dorch, doilleir, duibhreach.
Opacousness, *s.* See Opacity.
Opal, *s.* Seud àraidh, clach phrìseil.
Opaque, *adj.* See Opacous.
Opaqueness, *s.* See Opacity.
Ope, Open, *v. a.* et *n.* 1. The contrary to *shut*: fosgail. 2. show, discover: foillsich, seall, taisbein. 3. divide: bris, fosgail. 4. explain: feuch, mìnich, soilleirich. 5. begin: tòisich. 6. unclose itself: fosgail.
Ope, Open, *adj.* 1. Unclosed: fosgailte. 2. plain, evident: soilleir, folluiseach, so-fhaicsinn. 3. artless, sincere: fosgarra, treibhdhireach, dìleas, simplidh, còir. 4. not clouded: soilleir. 5. not hidden: folluiseach. 6. not restrained: fosgailte, réidh, saor. 7. not cloudy: sèimh, soilleir, réidh. 8. uncovered: neo-chòmhdaichte, lom, rùisgte. 9. without defence: lom, rùisgte, fosgailte. 10. attentive: furachail, faicilleach.
Opener, *s.* Fear-fosglaidh, fear-mìneachaidh.
Openeyed, *adj.* Geur-shuileach, léirsinneach, furachail.
Openhanded, *adj.* Tabhairteach, toirbheartach, fial, fialaidh.
Openhearted, *adj.* Fial-chridheach, fiùghantach, fialaidh, treibhdhireach, còir.
Openheartedness, *s.* Fial-chridheachd, fiùghantachd, fialaidheachd, treibhdhireachd, còireachd.
Opening, *s.* Fosgladh, foillseachadh, sealladh, beallach, beàrn.
Openly, *adv.* See Open, *adj.*
Openmouthed, *adj.* Craosach, beul-fhosgailte, beul-fharsuing, gionach, geòcach, gleadhrach.
Openness, *s.* Fosgailteachd, soilleireachd, soillseachd, folluiseachd, so-fhaicsinneachd, treibhdhireachd. See Open, *adj.*
Opera, *s.* Ceòl-chluich, cluich-ciùil.
Operate, *v. n.* Gnìomhaich, oibrich, dèan, cuir an gnìomh.
Operation, *s.* Gnìomhachd, obair, dèanamh, saothar, oibreachadh. In surgery: obair-leighis, leigheas, slànuchadh.
Operative, *adj.* Gnìomhach, saothrachail, dèanadach, éifeachdach.
Operator, *s.* Fear-dèanaimh, gnìomharaiche, fear-saothrachaidh.
Operose, *adj.* Saothrachail, doirbh, cuimrigeach, trom, sàrachail, draghail.
Operoseness, Operosity, *s.* Doirbheachd, cuimrigeachd, draghalachd.
Ophthalmic, *adj.* Fradharcail, a bhuineas do 'n t-sùil.
Ophthalmy, *s.* Galar sùla, sùil-ghalar.
Opiate, *s.* Suain-leigheas, deoch-chodail, cungaidh-chodail.
Opiate, *adj.* Codaltach, a bheir codal.
Opine, *v. n.* Smuainich, saoil, baralaich.
Opining, *s.* Smuaineachadh, saoillsinn, baralachadh, barail.
Opinion, *s.* 1. Of the mind: barail, beachd. 2. favourable judgment: meas, deadh-bheachd. 3. reputation: meas, cliù, spéis.
Opinioned, *adj.* Beachdail, féin-bheachdail.
Opinionate, Opinionated, Opinionative, *adj.* Rag-bharalach, féin-bharalaich, danarra, dùr.
Opinionately, Opinionatively, *adv.* See Opinionated.
Opinionist, *s.* Neach féin-bharalach, no, rag-bharalach.
Opitulation, *s.* Cuideachadh, còmhnadh, cobhair.
Opium, *s.* Cungaidh-chodail, sùgh-codail, tombac nan Turcach.
Opobalsamum, *s.* Ballan ath-bheothachaidh.
Oppilate, *v. a.* Càrn suas, amail.
Opponent, *adj.* Eascairdeach, eascairdeil.
Opponent, *s.* Nàmhaid, eascaraid, co-sheise, fear-tagraidh.
Opportune, *adj.* Tràthail, deas, amail, iomchuidh, 'n a thràth.
Opportunely, *adv,* See Opportune.
Opportunity, *s.* Fàth, cothrom, fàth-chothrom tràth, àm iomchuidh, àm.
Opposal, *s.* See Opposition.
Oppose, *v. a.* et *n.* 1. Hinder, resist: cuir an aghaidh, bac, grab. 2. offer as an antagonist, or rival: dùbhlanaich, cuir an aghaidh, cuir aghaidh air. 3. as an obstacle: cuir an aghaidh, cuir bacadh air. 4. in front, or over against: taisbein, nochd. 5. adversely: coinnich, thoir aghaidh air. 6. in a disputation: tagair, agair.
Opposeless, *adj.* Do-chur an aghaidh, do-bhacaidh.
Opposer, *s.* Eascaraid, nàmhaid, co-sheise, fear-cur an aghaidh, fear-cònspoid.
Opposite, *adj.* An aghaidh, fa chomhair, mu choinneamh, eascairdeach.
Opposite, *s.* See Opponent.
Oppositely, *adv.* See Opposite, *adj.*
Opposition, *s.* 1. Situation so as to point something opposed: comhaireachd, aghaidh ri aghaidh. 2. hostile resistance: strìth, còmh-stri, tagluinn, cònsachadh. 3. contrariety of affection: ceannairc, naimhdeas. 4. inconsistency, contradiction: neo-sheasmhachd, do-sheasmhachd, do-chòrdadh, do-réite, neo-aonachd. 5. of meaning: neo-aontachd, neo-réite.
Oppositive, *adj.* So-shàmhlachaidh, so-chur an aghaidh.

Oppress, *v. a.* 1. By hardship or unreasonable severity: sàruich, claoidh. 2. subdue: ceannsaich, ciosnaich, dean ainneart air.

Oppression, *s.* 1. The act of oppressing, cruelty, severity: sàruchadh, claoidheadh, fòirneart, ainneart. 2. the state of being oppressed, misery: sàruchadh, ainneart, fòirneart, truaighe. 3. hardship, calamity: cruaidh-chas, àmhghar, deuchainn, ànradh. 4. dulness of spirits, lassitude of body: sgìtheas, neo-shunnd, mulad, trom, truime.

Oppressive, *adj.* Cruel, inhuman: an-iochdmhor, cruaidh, fòirneartach, ainneartach. 2. overwhelming: trom, àmhgharach, cruadalach, di-mhilltEach.

Oppressively, *adv.* See Oppressive.

Oppressor, *s.* Fear-ainneirt, fear-fòirneirt, fear-sàruchaidh, fear-fòireigne.

Opprobrious, *adj.* Maslach, tàireil, mi-chliùiteach, sgainnealach, mìodhoir.

Opprobriously, *adv.* See Opprobrious.

Opprobriousness, *s.* Maslachd, tàirealachd, mi-chliùiteachd, sgainnealachd, mìodhoireachd.

Opprobrium, *s.* Masladh, mi-chliù, tàmailt tàir.

Oppugn, *v. a.* Cathaich, cuir an aghaidh, cothaich ri.

Oppugner, *s.* Fear-cothachaidh, fear-cathachaidh.

Optative, *adj.* Iarrtach, iarrtanach.

Optical, } *adj.* Amharcach, léirsinneach, fradharcach.
Optick, }

Optic, *s.* Inneal-amhairc, inneal-fradhairc.

Optics, *s.* Eòlas fradhairc, eòlas léirsinn.

Optimacy, *s.* Maithean, flaitheachd, mòr-uaislean.

Optimity, *s.* Feabhas, feàrdachd.

Option, *s.* 1. Choice, election, power of choosing: roghainn, roghnachadh, taghadh. 2. wish: miann, iarrtas.

Optional, *adj.* Roghnach, roghainneach.

Opulence, } *s.* Saoibhreas, beartas, pailteas, maoin, mor-mhaoin, toic.
Opulency, }

Opulent, *adj.* Saoibhir, beartach, pailt, maoineach, toiceil.

Opulently, *adv.* See Opulent.

Or, *conj.* No. Or else: air neo. Or ever. See Ere.

Or, *s.* In heraldry: òr.

Oracle, *s.* 1. By supernatural wisdom: foillseachadh, focal, teisteas, taisbean. 2. the place where the determinations of heaven are inquired: guthàite. 3. one famed for wisdom: fear ro ghlic, eagnaidh, no, seòlta.

Oracular, } *adj.* 1. Uttering, or resembling oracles: teisteach, taisbeanach, foillseachail. 2. positive, authoritative, magisterial: ùghdarrach, teann, smachdail. 3. obscure, ambiguous: dorch, doilleir, dà-sheadhach.
Oraculous, }

Oracularly, } *adv.* See Oracular.
Oraculously, }

Oraison, *s.* Ùrnuigh, cràbhadh.

Oral, *adj.* Labhairteach, a labhradh le beul, beulaithriste.

Orally, *adv.* See Oral.

Orange, *s.* Òr-ubhal, òr-mheas.

Oration, *s.* Òraid, deas-chainnt, duan.

Orator, *s.* Òraidiche, fear-òraid, fear deas-chainnteach.

Oratorical, *adj.* Deas-chainnteach, ùr-labhrach.

Oratorio, *s.* Naomh-cheòl, naomh cho-sheinn.

Oratory, *s.* 1. Exercise of eloquence: deas-chainnt, deas-labhairt, ùr-labhradh. 2. allotted for prayer: ionad-ùrnuigh, ionad-aoraidh.

Oratress, } *s.* Ban-òraidiche.
Oratrix, }

Orb, *s.* Cruinne, cuairt, cearcull, roth, reul. In poetry, the eye: sùil, rosg.

Orb, *v. a.* Dean cruinn.

Orbation, *s.* Spùinneadh, buintinn air falbh, bochduinn.

Orbed, } *adj.* Cruinn, cruinn-dhèanta, cuairteach.
Orbic, }

Orbicular, *adj.* Cruinn, leth-char cruinn.

Orbiculated, *adj.* Cruin-dhèanta.

Orbit, *s.* Cuairt, cuairt na cruinne, reul-chuairt.

Orc, *s.* Orc, muc-mhara.

Orchard, *s.* Ubhal-ghort, lios meas-chraobh, lios mheasan.

Orchestra, *s.* Ionad luchd-ciùil, luchd-ciùil.

Ordain, *v. a.* Sònruich, socraich, suidhich, cuir air leth, roimh-òrduich, òrduich.

Ordainable, *adj.* So-shònruchaidh, so-shuidheachaidh, so-shocruchaidh, so-òrduchaidh.

Ordainer, *s.* Fear-sònruchaidh, fear-suidheachaidh, fear-socruchaidh, fear-òrduchaidh.

Ordeal, *s.* Cruaidh-dheuchainn, deuchainn theinntidh.

Order, *s.* 1. Method: òrdugh, suidheachadh, dòigh. 2. established process: riaghailt, suidheachadh. 3. proper state: òrdugh, suidheachadh, seòl, dòigh. 4. regularity, settled mode: riaghailteachd. 5. mandate, command: àithn, òrdugh. 6. rule: riaghailt. 7. regular government: riaghladh, ceannsal. 8. a society of dignified persons: dream, buidheann, flath-bhuidheann. 9. a class: dream, buidheann. 10. a religious fraternity: dream, comunn. 11. means to amend: dòigh, seòl. 12. measures, care: cùram, aire.

Order, *v. a.* et *n.* 1. Regulate, conduct: òrduich, ceartaich, riaghail, riaghailtich. 2. manage, procure: faigh, ulluich. 3. methodize: cuir an òrdugh, suidhich, socruich. 4. direct, command: àithn, thoir àithne do, sònruich. 5. give command: àithn, òrduich.

Orderer, *s.* Fear-òrduchaidh, fear-riaghlaidh, fear-suidheachaidh.

Ordering, *s.* Òrduchadh, suidheachadh, riaghailt, roinn.

Orderless, *adj.* Mi-riaghailteach, eas-òrdail, aimhreiteach.

Orderliness, *s.* Riaghailteachd, òrdugh, deadh-shuidheachadh.

Orderly, *adj.* Riaghailteach, òrdail, dòigheil, iomchuidh, deas, réidh.

Orderly, *adv.* See Orderly, *adj.*

Ordinable, *adj.* So-shuidheachaidh, so-shònruchaidh.

Ordinal, *adj.* Riaghailteach, àireamhail.
Ordinal, *s.* Leabhar riaghailtean.
Ordinance, *s.* 1. Law, rule: reachd, riaghailt, lagh, àithn. 2. observance commanded: reachd, riaghailt. 3. appointment: suidheachadh, òrdugh.
Ordinarily, *adv.* See Ordinary, *adj.*
Ordinary, *adj.* 1. Established, regular: riaghailteach, dòigheil, suidhichte. 2. usual: gnàthach, gnàthachail, gnàthaichte, àbhaiseach. 3. of low rank: coitchionn, ìosal, suarach. 4. not handsome: neo-bhreagha, neo-ghrinn, neo-àluinn.
Ordinary, *s.* 1. Judge of ecclesiastical causes: cléir-bhreitheamh. 2. settled establishment: suidheachadh, seòl suidhichte. 3. actual and constant office: gnàth-dhreuchd. 4. regular price of a meal: luach bìdh. 5. a place of eating established at a certain price: tigh-itheanaich, ionad-comhitheanaich.
Ordinate, *v. a.* Sònruich, suidhich, cuir air leth, ainmich.
Ordinate, *adj.* Riaghailteach, dòigheil.
Ordinately, *adv.* See Ordinate, *adj.*
Ordination, *s.* 1. Consequent on a decree: suidheachadh, gnàthas, gnàthachd. 2. act of investing with sacerdotal power: cléir-shònruchadh, naomhshuidheachadh.
Ordinative, *adj.* Ùghdarrach, reachdach, ùghdarrail.
Ordnance, *s.* Gunnachan mòra.
Ordure, *s.* Innear, aolach, buachar, cac, salachar, gaorr.
Ore, *s.* Mèinn, miotailte.
Oread, *s.* Òigh bheann.
Oreweed, **Orewood**, *s.* Slat mhara.
Orgal, *s.* Fìon-dhèasgann.
Organ, *s.* 1. Natural instrument: ball, ball cuirpe. 2. of music: organ, inneal ciùil.
Organic, **Organical**, *adj.* Innealach, innealta, a bhuineas do bhuill a' chuirp.
Organically, *adv.* See Organic.
Organism, *s.* Dealbh, cruth, dealbhadh-bhall.
Organization, *s.* Dealbhadh, comh-dhealbhadh, suidheachadh, cruth-shuidheachadh.
Organize, *v. a.* Dealbh, comh-dhealbh, cruthshuidhich, thoir cruth do, suidhich.
Orgasm, *s.* Cith, fraoch-feirge, déine.
Orgies, *s.* Ruidhtearachd, misg, caithream-phòitear, caithream-mhisge.
Orgillous, *adj.* Uirghilleach, àrdanach, uaibhreach.
Oriency, *s.* Òrachd, òradh gréine, loinnireachd.
Orient, *adj.* 1. Rising as the sun: camhanach, maduinneach. 2. eastern, oriental: soir, 's an àirde an ear, o 'n àirde an ear. 2. bright, glittering: loinnireach, dèarsach, soillseach, dealrach.
Orient, *s.* An ear, an àirde 'n ear.
Oriental, *adj.* Soir, a bhuineas do 'n àirde 'n ear.
Oriental, *s.* Fear-còmhnuidh na h-àirde 'n ear.
Orifice, *s.* Beul, fosgladh, toll.
Oriflamb, *s.* Bratach òir, òr-mheirghe, òr-bhratach.
Origin, **Original**, *s.* 1. Beginning: tùs, toiseach, bun. 2. fountain, source: tùs, tobair, màthair-aobhar. 3. descent: sinnsireachd.
Original, *adj.* Prìomh, tùsail, tòiseachail, sean. Original sin: peacadh gin.
Originality, *s.* Prìomhachd, tùsalachd, bunaiteachd.
Originally, *adv.* See Original.
Originary, *adj.* Tàrmachail, tùsail, tòiseachail.
Originate, *v. a.* et *n.* Tàrmaich, tòisich, thoir gu bith, gin.
Origination, *s.* Tàrmachadh, tòiseachadh, sinnsireachd.
Orison, *s.* See Oraison.
Ork, *s.* See Orc.
Ornament, *s.* Sgèimh, sgeadachd, sgeadachadh, grinneas, maise, breaghachd, urram.
Ornament, *v. a.* Sgèimhich, sgeadaich, grinnich, maisich, breaghaich.
Ornamental, *adj.* Sgèimheach, grinn, maiseach, àluinn, breagha, dreachail.
Ornamentally, *adv.* See Ornamental.
Ornate, *adj.* Grinn, breagha, cuimir, laoghach, bòidheach, àluinn.
Ornate, *v. a.* See Ornament, *v.*
Ornateness, **Ornature**, *s.* Grinneas, breaghachd, cuimireachd, bòidhche, àilneachd.
Ornithology, *s.* Eun-eòlas, eòlas mu eòin.
Orphan, *s.* Dilleachdan, dilleachdach.
Orphan, *adj.* Dilleachdanach, dilleachdach.
Orphanage, **Orphanism**, *s.* Dilleachdas, dilleachdanachd.
Orphaned, *adj.* See Orphan, *adj.*
Orpiment, *s.* Seòrsa mèinn, mèinn bhuidhe-ruadh.
Orpine, *s.* Laogh-lus, lus nan laogh.
Ort, *s.* Òrd, mìr, mìrean, mìr beag.
Orthodox, **Orthodoxal**, *s.* Ceart-chreidmheach, fallain, 's a' chreidimh, no, 's an teagasg.
Orthodoxness, **Orthodoxy**, *s.* Ceart-chreidmheachd, fallaineachd creidimh is teagaisg.
Orthoepy, *s.* Ponc-labhairt, eagnaidheachd labhairt.
Orthographer, *s.* Ceart-sgrìobhair.
Orthographical, *adj.* Ceart-sgrìobhach, a bhuineas do sgrìobhadh.
Orthographically, *adv.* See Orthographical.
Orthography, *s.* Ceart-sgrìobhadh.
Orthology, *s.* Ceart-chunntas, ceart-thuairisgeul.
Orts, *s.* Fuigheall, spruilleach, fotus.
Oscillate, *v. n.* Luaisg, dean udalan.
Oscillation, *s.* Luasgadh, luasgan, udalan, udal.
Oscillatory, *adj.* Luasgach, luasganach, udalanach, udalach.
Oscitancy, *s.* 1. Act of yawning: meunan, meunanach. 2. unusual sleepiness, carelessness: truime, turra-chodal, neo-aire.
Oscitant, *adj.* Meunanach, turra-chodalach, tromcheannach, neo-fhurarach.
Oscitation, *s.* Meunanaich.
Osier, *s.* Seileach, craobh-seilich, caol dubh.
Ospray, *s.* Iolar mhara, iolar uisge.
Ossicle, *s.* Cnàimhean, cnàimh beag.

Ossification, *s.* Cnàimheachadh, cnàimh-dheanamh.
Ossifrage, *s.* Cnàimh-bhristeach.
Ossify, *v. a.* Dean 'ṅ a chnàimh.
Ossuary, *s.* Tigh-feòla, tigh-chairbh.
Ost, Oust, } *s.* Àth-bhracha.
Ostensible, *adj.* 1. Proper, or intended to be shewn: so-ṅochdaidh, so-ḟhaicsinneach. 2. plausible: coltach, dreachail.
Ostensibly, *adv.* See Ostensible.
Ostensive, *adj.* Taisbeanach, nochdach, a' ciallachadh.
Ostent, *s.* 1. Appearance, mien: coltas, tuar, aogas, dreach, sealladh. 2. token: sealladh, comharradh. 3. a prodigy: dreach, comharradh, droch choltas.
Ostentate, *v. a.* Taisbean, dean uaill á.
Ostentation, *s.* Uaill, faoin-ghlòir, spagluinn.
Ostentatious, *adj.* Faoin-ghloireach, spagluinneach, uallach, uaibhreach.
Ostentatiously, *adv.* See Ostentatious.
Ostentatiousness, *s.* Faoin-ghloir, spagluinneachd, uallachd, uaibhreachas.
Osteology, *s.* Cnàimh-eòlas, eòlas chnàimh.
Ostiary, *s.* Inbhir, òs, beul aimhne.
Ostler, *s.* Gille-stàbuill, gille-each, each-ghille.
Ostmen, *s.* Tuath de dannain.
Ostrich, *s.* Sruth, sruth-chàmhal.
Other, *pron.* Eile. Each other: a chéile. The other day: an là ṙoimhe.
Otherwhere, *adv.* An àitibh eile.
Otherwise, *adv.* Air mhodh eile, air sheòl eile. When implying a condition, or threat: air neo, air no, no.
Otter, *s.* Dòbhran, dòran, biast-dubh, cù donn.
Oval, *adj.* Leth-chruinn, air chumadh uibhe.
Ovarious, *adj.* Ubhach, uibheach.
Ovary, *s.* Machlag, uibheagan.
Ovation, *s.* Caithream, mion-chaithream.
Oubast, Oubust, } *s.* Burras.
Ouch, *s.* Unga, fail.
Oven, *s.* Àmhann, àmhuinn.
Over, *prep.* 1. Above, with respect to excellence or dignity: os, os ceann, os cionn. 2. above, with regard to rule or authority: os ceann, an uachdar air. 3. above in place: os, os ceann. 4. across, from side to side: thar, thairis air. 5. through, diffusely: am measg, air feadh. 6. upon: air. 7. before: ṙoimh.
Over, *adv.* 1. Above the top: os ceann. 2. more than a quantity assigned: tuilleadh 's. 3. from side to side: ṅull 's a ṅall, tarsuinn, air a tharsuinn. 4. from one to another: seachad. 5. from a country beyond the seas: ṅall, o thall, thairis. 6. on the surface: an uachdar, air uachdar. 7. past: seachad, thairis, seach. 8. throughout, completely: troimhe, thairis, buileach, gu h-iomlan. 9. with repetition, another time: a ṙìs. 10. extraordinary, in a great degree: ro, gu mòr, mòr. 11. over and above: tuilleadh agus, a bharrachd, a bhàrr air, os bàrr. 12. over against: mu choinneamh, mu chomhar. 13. give over: thoir thairis, leig dhìot, sguir.
Over, *adj.* Uachdarach, uachdrach.
Overabound, *v. n.* Cuir thairis, bi tuilleadh 's mòr, no, lìonmhor.
Overact, *v. a.* et *n.* Dean tuilleadh 's a' chòir, rach thar a' chòir.
Overawe, *v. a.* Sgàthaich, cuir sgàth air, cuir fuidh gheilt, eagalaich.
Overbalance, *v. a.* An-tromaich, cothromaich, thoir barrachd cothrom air.
Overbalance, *s.* Tuilleadh 's ni 's leòir, tuilleadh, barrachd cothroim.
Overbear, *v. a.* Till, cum fuidhe, ceannsaich, cum fuidh smachd.
Overbid, *v. a.* Tairg còrr 's a luach, tairg barrachd.
Overboard, *adv.* Thar bòrd, a mach air stoc.
Overbulk, *v. a.* Dean mo 's tomadach.
Overburden, *v. a.* An-tromaich, ro-chudthromaich, an-luchdaich.
Overbuy, *v. a.* Ceannaich ro dhaor.
Overcarry, *v. a.* Bi mò 's dian, dean ro-chabhag, bi ro chas.
Overcast, *v. a.* 1. With gloom: dorchaich, neulaich, doilleirich. 2. cover: còmhdaich. 3. rate too high in computation: dean cunntas mearachdach.
Overcharge, *v. a.* 1. Cloy, surcharge: an-ḷuchdaich, an-lìon. 2. crowd too much: dòmhlaich, an-dòmhlaich. 3. burden: luchdaich, an-ḷuchdaich, an-sacaich. 4. rate too high: cuir ro-ḷuach, meas ro-dhaor. 5. fill too full: deaṙr-lìon, lìon gu sàth. 6. load with too great a charge: an-lìon, dean tuilleadh 's làn.
Overcloud, *v. a.* Neulaich, dubharaich.
Overcome, *v. a.* et *n.* Buadhaich, faigh buaidh, coisinn, buadhaich air, ceannsaich.
Overcomer, *s.* Fear-buadhachaidh, fear-buaidh.
Overcount, *v. a.* Cunnt os ceann àireamh.
Overdo, *v. a.* et *n.* Dean os ceann cuimse, dean tuilleadh 's a' chòir.
Overdress, *v. a.* Sgeadaich gu neo-mheasarra, sgeadaich gu h-anabarrach.
Overdrive, *v. a.* Cuir chuige, iomain ro luath, greas ṙo luath.
Overeager, *adj.* Ro-dhian, ro-bhrais, cas.
Overeye, *v. a.* Cum sùil air, seall thairis air, amhairc, beachdaich, dearc air.
Overfal, *s.* Eas, leum-uisge.
Overflow, *v. a.* et *n.* Cuir thairis, lìon thairis, bàth, sruth thairis.
Overflow, *s.* Tuil, lighe, ro-phailteas, cur thairis.
Overflowing, *s.* Ro-phailteas, ro-làn, cur thairis.
Overforwardness, *s.* Ro-dhéine, ro-adhartachd, caise, ro-chaise.
Overfruitful, *adj.* Ro-thorach, ro-tharbhach.
Overgild, *v. a.* Òr thairis, cuir òradh air.
Overgird, *v. a.* Ro-dhaingnich, ro-cheangail.
Overgo, *v. a.* Faigh os ceann, faigh barrachd air, buadhaich air.
Overgrassed, *adj.* Laomaidh.
Overgreat, *adj.* Ro-mhòr, ro-thomadach.

Overgrow, *v. a.* et *n.* Fàs gu h-anabarrach, fàs thairis, cinn thairis, fàs ro-mhòr.
Overgrowth, *s.* Ro-fhàs, ro-chinneachadh.
Overhale, *v. a.* 1. Spread over: còmhdaich thairis. 2. examine again: sgrùd, ath-sgrùd.
Overhandle, *v. a.* Ath-aithris, aithris tuilleadh 's tric.
Overhang, *v. a.* et *n.* Croch thairis, croch os ceann.
Overhastiness, *s.* Ro-chabhag.
Overhasty, *adj.* Ro-chabhagach.
Overhaul, *v. a.* 1. (a sea-term): fuasgail, tilg fuasgailte, lasaich. 2. See Overhale, 2.
Overhead, *adv.* Gu h-àrd, os ceann, uthard, shuas.
Overhear, *v. a.* Dean fàr-chluais, cluinn.
Overhend, *v. a.* Beir air, ruig, thig suas ri.
Overjoy, *v. a.* Dean ro aoibhin, ùr-ghàirdich.
Overjoy, *s.* Ùr-ghàirdeachas, boil-aighir, mòr-aoibhneas.
Overlade, *v. a.* An-luchdaich, an-sacaich.
Overlay, *v.a.* Mùch, còmhdaich, luidh air, còmhdaich thairis.
Overlaying, *s.* Còmhdach thairis.
Overleather, *s.* Uachdar, leathar uachdarach, uachdrach.
Overlight, *s.* Ro-shoillse, ro-sholus, ro-dhèarsadh.
Overliver, *s.* An neach a 's faide beò.
Overload, *v. a.* An-luchdaich, an-sacaich.
Overlook, *v.a.* Amhairc sìos, amhairc thairis, seall thairis air, dearmaid, dean dìmeas air.
Overlooker, *s.* Fear-amhairc thairis.
Overly, *adj.* Neo-chùramach, dearmadach, coimhdheis, coma.
Overmaster, *v. a.* Ceannsaich, cìosnaich, buadhaich air.
Overmatch, *v. a.* Fairtlich air, faigh làimh an uachdar air.
Overmatch, *s.* Neach do-cheannsachaidh, neach ro làidir.
Overmeasure, *s.* Barrachd tomhais.
Overmost, *adj.* A 's àirde, an uachdar, uachdranach.
Overmodest, *adj.* Ro-bhanail, tuilleadh 's banail, tuilleadh 's nàireach.
Overmuch, *adj.* Tuilleadh 's a' chòir, anabarrach, ro-mhòr.
Overnight, *s.* Roimh-oidhche, fad na h-oidhche.
Overnoise, *v. a.* Bodhair le fuaim, no le gleadhraich.
Overpass, *v. a.* Rach thairis air, gabh thairis, leig le, dì-chuimhnich.
Overpast, *part. adj.* Air dol seachad, a chaidh seachad.
Overpay, *v. a.* Dìol daor, ìoc tuilleadh 's a' chòir.
Overplus, *s.* Barrachd, am barrachd, còrr, an còrr, fuigheal, fuighleach.
Overpolish, *v. a.* Dean-tuilleadh 's snasmhor, roshnasaich.
Overponderous, *adj.* Ro-chudthromach, tuilleadh 's trom.
Overpower, *v. a.* Buadhaich air, ceannsaich, faigh làimh an uachdar.
Overpress, *v. a.* Cuir fuidhe, brath, sàruich, claoidh, faigh buaidh air.
Overprize, *v. a.* Cuir fuidhe, bruth, sàruich, claoidh, faigh buaidh air.
Overpromptness, *s.* Ro-èasgaidheachd, ro-chabhagachd.
Overquietness, *s.* Ro-shàmhchair, ro-fhois.
Overrate, *v. a.* See Overprize.
Overreach, *v. a.* Faigh os ceann; meall, thoir an car á.
Overreacher, *s.* Mealltair, cluaintear, slaightear.
Overred, *v. a.* Deargaich, dean dearg, no, ruadh.
Override, *v. a.* Marcaich thairis, claoidh le marcachd.
Overrule, *v. a.* Cuir fuidh smachd, ceannsaich, cum fuidh smachd (in law): diùlt.
Overruler, *s.* Riaghlair, fear-riaghlaidh, uachdaran.
Overrun, *v. a.* 1. Harass by incursions, ravage: sàraich, mill claoidh, spùinn. 2. outrun, pass behind: rach thairis air, faigh thairis air. 3. overspread, cover all over: iom-sgaoil, sgaoil thairis. 4. mischief by great numbers, pester: sàraich, claoidh. 5. injure by treading down: saltair, mill le saltairt. 6. (with printers): ath shuidhich, ath-chàirich.
Overrun, *v. n.* Cuir thairis, ruith thairis.
Oversea, *adj.* Céin, céin-thireach, allmhar.
Oversee, *v. a.* Seall thairis, amhairc thairis.
Overseen, *part.* Meallta, ann am mearachd.
Overseer, *s.* Fear-coimheid, fear-amhairc, fearriaghlaidh.
Overset, *v. a.* Tilg bun os ceann, rach buin os ceann.
Overshade, *v. a.* Sgàilich, cuir sgàil air.
Overshadow, *v. a.* Duibhrich, sgàilich, cuir sgàil air.
Oversight, *s.* 1. Superintendence: coimhead, riaghladh. 2. mistake, error: mearachd.
Oversoon, *adv.* Ro luath, mò 's luath, tuilleadh 's tràth, mò 's tràth.
Overspent, *adj.* Sàruichte, claoidhte.
Overspread, *v. a.* Sgaoil thairis, còmhdaich thairis.
Overstare, *v. a.* Thoir damh-shuil air.
Overstock, *v. a.* Dòmhlaich, an-lìon.
Overstore, *v. a.* Dòmhlaich, luchdaich.
Overstrain, *v. a.* et *n.* Thoir ro-oidheirp, thoir dian-ionnsuidh.
Oversway, *v. a.* Cum fuidh smachd, ceannsaich.
Overt, *adj.* Follaiseach, soilleir, fosgailte.
Overtake, *v. a.* Beir air, ruig, glac, thig suas ri.
Overtask, *v. a.* Ann-dlighich, sàruich, claoidh, uallaich.
Overthrow, *v. a.* 1. Turn upside down: tilg bun os ceann. 2. throw down: tilg sìos. 3. ruin, demolish: mill, di-mhill. 4. defeat, conquer, vanquish: ceannsaich, cìosnaich, faigh buaidh air, claoidh. 5. destroy, subvert, do mischief, bring to nothing: mill, sgrios, cuir as do.
Overthrow, *s.* 1. The state of being turned upside down: bun os ceann. 2. ruin, destruction: milleadh, di-mhilleadh, sgrios. 3. defeat, discomfiture: ruaig, claoidh, teicheadh. 4. degradation: maslachadh, masladh.

Overthrower, *s.* Fear-millidh, fear di-mhillidh, milltear, di-mhilltear.
Overthwart, *adj.* Mu-choinneamh, mu chomhair, tarsuinn, trasd, crasgach air.
Overthwartness, *s.* Tarsuinneachd, crasgachd, trasdachd.
Overtire, *v. a.* Sgìthich, dubh-sgìthich, claoidh, sàruich.
Overtly, *adv.* See Overt.
Overtop, *v. a.* 1. Rise above, raise the head above: éirich os ceann. 2. excel, surpass: glac barrachd, faigh barrachd. 3. obscure by superior excellence: sgàilich, thoir buaidh air.
Overtrust, *v. a.* Cuir ro-dhòchas ann, earb tuilleadh 's a' chòir ri.
Overture, *s.* 1. An opening, an aperture, an open place: fosgladh. 2. opening, disclosure, discovery: fosgladh, foillseachadh, soillseachadh. 3. proposal, something offered to consideration: tairgse.
Overturn, *v. a.* 1. Throw down, subvert, ruin: tilg sìos, mill, sgrios. 2. overpower, conquer: ceannsaich, cìosnaich, faigh buaidh air.
Overturn, *s.* Tilgeadh sìos, milleadh, claoidh, sgrios.
Overturner, *s.* See Subverter.
Overvalue, *v. a.* Meas thar a luach, ana-meas.
Overweary, *v. a.* Sàruich, claoidh.
Overween, *v. n.* Bi àrd-bheachdail, bi féin-bheachdail.
Overwhelm, *v. a.* Claoidh, mùch, bruth, sàruich.
Overwise, *adj.* Ro-ghlic, tuilleadh 's glic.
Overwork, *v. a.* Sgìthich, claoidh, sàruich.
Overworn, *adj.* 1. Worn out: claoidhte, sàruichte. 2. spoiled by time: caithte, millte.
Overwrought, *adj.* Ro-oibrichte, sàruichte, claoidhte.
Overzealous, *adj.* Tuilleadh 's dian, ro-dhian, ro-dhealasach.
Ought, *s.* Ni, ni-eigin, càil-eigin, dad, rud, ni air bith, ni 's am bith.
Ought, *v. imperf.* Is còir, is cubhaidh, bu chubhaidh, thigeadh dha. Be obliged by duty: b' fheudar, bi mar fhiachaibh air.
Oviform, *adj.* See Oval.
Oviparous, *adj.* Ubh-bheirteach, a bheireas uibhean.
Ounce, *s.* Unnsa.
Ounce, *s.* See Lynx.
Ouphe, *s.* Taibhse, sìthiche, bòcan, tannasg.
Ouphen, *adj.* See Elfish.
Our, *pron. poss.* Ar; when emphatic, the particle *ne* is annexed to the substantives. It is ours: is *leinne* e.
Ourselves, *recipr. pron.* Sinne, sin féin.
Ousel, *s.* Lon-dubh.
Oust, *v. a.* 1. Vacate, take away: falmhaich, thoir air falbh. 2. deprive, eject: thoir uaith, tilg a mach, tilg.
Out, *adv.* 1. Not within: muigh, a muigh. 2. opposed to *in*: muigh, mach. Out and in: a muigh 's a stigh, a mach 's a steach. 3. in a state of disclosure: muigh, a mach. 4. not in confinement: fa sgaoil, saor. 5. from the place, or house: o 'n tigh, a muigh. 6. from the inner part: a mach, mach. 7. not at home: a muigh, o 'n tigh, o 'n bhaile. 8. in a state of extinction: mach, as. 9. in a state of being exhausted: as. 10. not in employment: a mach á, as, á dreuchd. 11. not in any sport, or party: an taobh muigh, air falbh, á, as. 12. to the end: gu crìoch, a mach. 13. loudly, without restraint: os àird. 14. not in the hands of the owner: a mach, á làimh. 15. in an error: 's a' mhearachd, ann am mearachd. 16. at a loss, in a puzzle: an iom-cheist, an iom-chomhairle. 17. with torn clothes: a muigh, nochdaidh, lomnochd. 19. away, so as to consume: as, air falbh. 19. deficient, as out of *pocket*: á, as. 20. added to verbs of discovery: a mach.

Out, *interj.* Ut! gabh a mach! a mach.
Out *of*, *prep.* Á, as.
Out, *v. a.* Cuir a mach, fògair, cuir á seilbh.
Outbalance, *v. a.* See Overbalance.
Outbar, *v. a.* Druid a mach, dùin a mach.
Outbid, *v. a.* Tairg os ceann, tairg thairis air.
Outborn, *adj.* Coimheach, allmharach, eil-thireach.
Outbound, *adj.* Dol an céin, a' seòladh gu céinthir.
Outbrave, *v. a.* Eagalaich, cum fuidhe, cum fuidh gheilt, cuir fuidh gheilt.
Outbreak, Outbreaking, } *s.* Briseadh a mach.
Outbreathe, *v. a.* 1. Weary by having better breath: sgìthich le ruith, no, le coiseachd. 2. expire: thoir suas an deò.
Outcast, *part.* Tilgte a mach, fògarrach, diùbhaidh, air fògradh.
Outcast, *s.* Fògarrach, dìobarach, fear-fuadain.
Outclimb, *v. a.* Sreap thairis air, sreap os ceann.
Outcraft, *v. a.* Cuilbheartaich, cuir a mach le seòltachd.
Outcry, *s.* 1. Of vehemence, or distress, clamour: gaoir, gàir, iolach, sgread. 2. of detestation: gàir, gaoir.
Outdare, *v. a.* Cuir a mach le dànadas, dùbhlanaich.
Outdate, *v. a.* Dean sean, cuir á fasan.
Outdo, *v. a.* Faigh buaidh air, faigh barrachd air, fairtlich air.
Outer, *adj.* A muigh, a mach, a 's fhaide mach, a 's iomallaiche.
Outerly, *adv.* Chun an taoibh muigh.
Outermost, *adj.* Iomallach, a 's iomallaiche, a 's fhaide mach.
Outface, *v. a.* Nàraich, cuir gu nàire, cuir a mach.
Outfit, *s.* Uidheam, uidheamachadh, acfhuinn, acfhuinn luinge.
Outfly, *v. a.* Gabh seachad air iteag, teich roimh.
Outform, *s.* Dreach, aogas, dealbh, an leth muigh.
Outgate, *s.* Fosgladh, dol a mach.
Outgo, *v. a.* 1. Surpass, excel: faigh buaidh air, buadhaich air. 2. go beyond, leave behind in going: rach thairis air, fàg a' d' dhéigh. 3. circumvent, overreach: meall, thoir an car á.

Outgoing, *s.* Dol a mach.
Outgrow, *v. a.* Fàs thairis, cinn thairis, fàs os ceann.
Outguard, *s.* Iomall-fhreiceadan, freiceadan iomallach.
Outhouse, *s.* Tigh a muigh, tigh-beag, cùl-tigh.
Outknave, *v. a.* Cuir a mach le slaighteareachd, meall am mealltair.
Outlander, *s.* Eil-thireach, allmharach.
Outlandish, *adj.* Eil-thireach, coimheach, allmharach.
Outlast, *v. a.* Mair ni 's faide ǹa, buanaich ni 's faide ǹa.
Outlaw, *s.* Fear air chàrn, fògarach, ceatharnach coille.
Outlaw, *v. a.* Fògaraich, cuir air chàrn.
Outlawry, *s.* Binn-fhògraidh.
Outlet, *s.* See Outgate.
Outline, *s.* Crìoch, dealbh, iomall, dealbh aghaidh.
Outlive, *v. a.* See Survive.
Outliver, *s.* See Surviver.
Outlook, *v. a.* Cuir a mach le sealltainn, no coimhead, tagh, roghnaich.
Outlook, *s.* Faicill, faire, aire.
Outlying, *adj.* Air leth, neo-àbhaiseach, neo-ghnàthach.
Outnumber, *v. a.* Rach os ceann àireimh, bi ni 's lìonmhoire.
Outmost, *adj.* A 's fhaide a mach, iomallach.
Outpour, *v. a.* Dòirt a mach, cuir a mach.
Outrage, *s.* Aimhleas, sabaid, droch-bheart fhollaiseach, eucoir, ainneart, tàir, tàmailt.
Outrage, *v. a.* et *n.* Càin, màb, maslaich, dean aimhleas, buin gu maslach ri.
Outrageous, *adj.* 1. Violent, furious: cuthachail, fiadhaich, air boile, borb. 2. tumultuous: tuasaideach, sabaideach, buaireasach, aimhleasach, ainneartach. 3. excessive: ana-measarra, mi-stuama, fuathmhor, ana-cneasda. 4. enormous, atrocious: malluichte, coirpidh, ro-aingidh.
Outrageously, *adv.* See Outrageous.
Outrageousness, *s.* Cuthach, boile, fearg, buirbe.
Outre, *adj.* Neò-ghnàthach, neo-àbhaiseach, neònach.
Outrider, *s.* 1. A summoner: maor. 2. one who travels about on horseback, or in a vehicle: marcaiche-eich, no, aǹ carbad.
Outright, *adv.* 1. Immediately, without delay: gu h-ealamh, air ball, gun dàil. 2. completely: gu buileach, gu h-iomlan, gu tur.
Outroad, *s.* See Excursion.
Outrun, *v. a.* Ruith seachad air, fàg air deireadh, fàg 'ǹ ad dheigh.
Outscape, *s.* Comas dol as.
Outscorn, *v. a.* Dean tàir no, dìmeas air, dean dubh thàir air.
Outsell, *v. a.* Reic thar luach, reic ni 's daoire.
Outset, *s.* Tùs, toiseach, dol a mach.
Outshine, *v. a.* Dèars a mach, soillsich a mach, glan-shoillsich.
Outshoot, *v. a.* Tilg ni 's faide, tilg seachad air.
Outside, *s.* 1. External part: uachdar, an taobh muigh. 2. extreme part: iomall, oir. 3. superficial appearance: dreach, coltas. 4. person: riochd, dealbh, cruth, coltas.
Outskip, *v. a.* Teich, faigh as, tàir as.
Outskirt, *s.* Foir-iomall, iomall.
Outspread, *v. a.* Sgaoil a mach, craobh-sgaoil.
Outstand, *v. a.* et *n.* Cuir an aghaidh, seas ri, seas an aghaidh, seas a mach.
Outstrip, *v. a.* Fàg air deireadh, faigh buaidh air.
Outvalue, *v. a.* Rach thairis an luach, bi ni 's luachmhoire.
Outvie, *v. a.* Faigh barrachd. See Outstrip.
Outwalk, *v. a.* Fàg air deireadh, coisich ni 's luaithe, buadhaich le coiseachd.
Outwall, *s.* Balla muigh, balla mach, muigh-bhalla.
Outward, *adj.* 1. Materially external: air an taobh muigh, 's an taobh muigh. 2. external, visible: faicsinneach. 3. extrinsic, adventitious: o 'n taobh muigh, an taobh muigh do. 4. foreign: eil-thireach. 5. (in theology), carnal, corporeal: faicsinneach, aimsireil, corporra.
Outward, *s.* Cruth, riochd, dealbh.
Outward, *adv.* 1. To foreign parts: gu tìr choigrich. 2. to the outer parts: gu h-iomall, gu h-iomallaibh.
Outwardly, *adv.* A muigh, o 'n leth muigh, am leth mach.
Outwards, *adv.* See Outward, *adv.* 2.
Outweed, *v. a.* Gart-ghlan.
Outwit, *v. a.* Meall, thoir an car á.
Outwork, *s.* Obair-daingnich, am balla muigh.
Outworn, *part.* Caithte as, caithte air falbh, claoidhte.
Outwrest, *v. a.* Thoir a mach le neart.
Outwrought, *part.* Sàruichte, claoidhte.
Owe, *v. a.* et *n.* 1. Be indebted: bi am fiachaibh do. 2. be obliged for: bi an comain, bi an comain air son. 3. the consequence of a cause: tarruing o, faigh o. 4. possess: sealbhaich, buin do, biodh agad. 5. be obliged: bi fuidh fhiachaibh do. 6. I owe you nothing: cha 'n 'eil dad agad orm: 7. I owe you nothing (of obligation): cha 'n 'eil mi bonn 'n ad chomain.
Owing, *part.* 1. Consequential: o, ag éiridh o. 2. due as a debt: ann am fiachaibh, dligheach do. 3. imputable to as an agent: coireach, ag éiridh.
Owl, Owlet, } *s.* Cumhachag, coilleach-oidhche.
Owl-light, *s.* Camhanach, fàire, briseadh na fàire.
Owler, *s.* Fear-bathar mi-cheadaichte, no, mi-laghail.
Own, *s.* Féin, fhéin. Every nation made gods of their own: ǹinn gach cinneach dée dhoibh *féin.*
Own, *v. a.* 1. Acknowledge: gabh ri, gabh le. 2. possess, claim: sealbhaich. 3. avow: aidich ri, aidich le. 4. confess, deny not: aidich.
Owner, *s.* Sealbhadair, fear-seilbhe.
Ownership, *s.* Sealbh, seilbh, maoin, cuid, còir.
Ox, *s.* Damh, àgadh.
Oxlike, *adj.* Damhail, damhach.
Oxeye, *s.* Dithean mòr.
Oxeyed, *adj.* Damh-shuileach.

Oxfly, *s.* Creithleag, cuileag mhòr.
Oxslip, *s.* See Cowslip.
Oxstall, *s.* Prasach dhamh.
Oxtongue, *s.* Bog lus.
Oyes, *interj.* Éisdibh, thugaibh aire.

Oyster, *s.* Eisir.
Oysterwench, **Oysterwife**, **Oysterwoman**, *s.* Bean-eisirean.

Pabular, *adj.* Ionaltrach, biadhar, feurach.
Pabulation, *s.* Ionaltradh, biadh-sholar.
Pabulous, *adj.* Biadhar, biadhach, beòlaindeach.
Pabulum, *s.* Biadh, lòn, teachd-an-tìr.
Pacation, *s.* Sìtheachadh, cìosnachadh.
Pace, *s.* 1. A step: ceum, sìndeag. 2. gait: ceum. 3. degree of celerity: imeachd, gluasad, luathas. 4. of business: ceum. 5. a measure: tomhas chùig troidhean. 6. by which horses are taught: fal-cheum, ceum marcachd.
Pace, *v. a.* et *n.* Walk: Céimnich, gluais. 2. measure: tomhais le sìndeagaibh, sìndeagaich. 3. regulate in motion: treòraich, seòl, stiùir.
Paced, *adj.* 1. Having a particular gait: ceum-ghluasadach. 2. See Thorough-paced.
Pacer, *s.* 1. One that paces: ceumnaiche, fear-céimneachaidh. 2. a horse: falaire.
Pacific, **Pacifical**, *adj.* Sìothchail, ciùin, sìth-dhèanadach, sìtheachail, sèimh.
Pacification, *s.* Sìth-dheanamh, ciùineachadh, sìth-eachadh.
Pacificator, *s.* Fear-dèanaimh na sìthe, sìthead-air.
Pacificatory, *adj.* Sìtheachail, sìth-dhèanadach.
Pacifier, *s.* Sìtheadair, fear-ciùineachaidh, fear-réiteachaidh.
Pacify, *v. a.* Sìthich, ciùinich, cìosnaich, socraich, réitich.
Pack, *s.* 1. For carriage: eallach, cuallach, uall-ach, trusachan, ceanglachan. 2. a burden: eall-ach, sac, luchd. 3. of hounds: lodhainn, faghaid. 4. of people in any bad design: droch comunn, comunn uilc, gràisg. 5. any great number: eall-ach, cudthrom, iomadachd. 6. a loose or lewd person: gàrlach, béisd.
Pack, *v. a.* et *n.* 1. For carriage: trus, ceangail suas, paisg. 2. send in a hurry: trus, trus air falbh. 3. unite packed persons in some bad de-sign: cuir an droch comhairle, cruinnich luchd-uilc.
Packcloth, *s.* Aodach, trusaidh, truis-bhrat.
Packer, *s.* Fear trusaidh, fear pasgaidh, fear-ceang-ail.
Packet, *s.* 1. A small pack: ceanglachan, sac, sacan. 2. of letters: balg-litrichean, màileid-lit-richean. 3. the post ship: pacaid, long litrich-ean.
Packet, *v. a.* Trus, truis, ceangail suas, paisg, ceangail.
Packhorse, *s.* Each eallaich, each bathair.
Packing, *s.* Cuilbheart, foill, ceilg, car.
Packsaddle, *s.* Srathair.
Packthread, *s.* Sgéinnidh.
Pact, **Paction**, *s.* Cùmhnant, cumha, réite.
Pactional, *adj.* Cùmhnantach, réiteachail.
Pad, *s.* 1. A foot path: rathad, rathad mòr, céim coise, casan. 2. an easy-paced horse: falaire, gearran. 3. a robber: fear-reubainn, reubair, reubair rathaid. 4. a low saddle: pilleag, pillean, sumag.
Pad, *v. n.* 1. Travel gently: fal-chéimnich. 2. rob: dean reubainn rathaid. 3. beat a way smooth and level: dean réidh-cheum.
Padar, *s.* Garbhan, garbhan cruithneachd.
Paddle, *v. a.* et *n.* 1. Feel, toy with: meachran-aich, laimhsich. 2. row, beat water as with oars: imir, iomair. 2. play in the water: luinnirich, luidrich.
Paddle, *s.* 1. An oar: ràmh. 2. any thing broad like the end of an oar: pleadhag.
Paddler, *s.* Ràmhaiche, fear-luidreachaidh.
Paddock, *s.* See Toad.
Paddock, *s.* Pàirc fhiadh, lann fhiadh, no, bheath-aichean eile.
Padlock, *s.* Glas-chrochaidh.
Padnag, *s.* Fàlaire.
Paean, *s.* Dàn-buadha, òran-caithreim.
Pagan, *s.* Ana-crìosduidh, pàganach, ana-creid-mheach.
Pagan, **Paganish**, *adj.* Ana-crìosduidh, pàganach.
Paganism, *s.* Ana-crìosduidheachd, pàganachd.
Page, *s.* 1. Of the leaf: taobh duilleig leabhair. 2. a boy-child: leanabh-gille. 3. a boy servant: gille-coise, gille-frithealaidh.

PAGEANT, *s.* Greadhnachas, sealladh greadhnach, breaghachd.
PAGEANT, *adj.* Greadhnach, faicheil, mòralach.
PAGEANTRY, *s.* Greadhnachd, faicheulachd, mòralachd.
PAIL, *s.* Cuinneag, cuman, miodar, soitheach bainne.
PAIN, *s.* 1. Punishment denounced: peanas, péin, pian. 2. penalty: peanas, dioghaltas. 3. sensation of uneasiness: goirteas, cràdh, pian, goimh, guin. 4. *pl.* labour, toil: saothar, obair. 5. of mind: iomagain, cùram, eagal. 6. *pl.* of childbirth: saothair-chloinne.
PAIN, *v. a.* Cràidh, pian, goirtich, ciùrr, claoidh.
PAINFUL, *adj.* 1. Miserable, beset with affliction: cràiteach, piantach, àmhgharach. 3.' difficult: doirbh, deacair, draghail. 4. industrious: saothrachal, dìchiollach.
PAINFULLY, *adv.* See Painful.
PAINFULNESS, *s.* 1. Affliction: cràdh, àmhghar, pian. 2. industry: saothair, dìchioll, oidheirpeachd.
PAINLESS, *adj.* Neo-chràiteach, neo-phiantach, fallain, slàn.
PAINSTAKER, *s.* Saothraiche, fear-saothrachaidh.
PAINSTAKING, *adj.* Saothrachail, dìchiollach, dèanadach.
PAINT, *v. a.* 1. Represent by delineation: dreach, dealbh, tarruing. 2. cover with colours: dath, cuir dreach air. 3. represent: dealbh, tarruing. 4. colour, diversify: dath, cuir lì air.
PAINT, *s.* Dath, lì, dreach-dhath, neul, tuar.
PAINTER, *s.* 1. An artist: dealbhadair, fear-dreachaidh. 2. a naval term: ball.
PAINTING, *s.* 1. Delineation: dealbh-tharruing, dreachadh. 2. picture: dealbh. 3. colours laid on: dath, lì.
PAIR, *s.* 1. Suiting one another: càraid. 2. a man and wife: lànan. 3. a couple, a brace: càraid, dithis.
Polish, *v. a.* et *n.* 1. Smooth, gloss: lìomh, lìomhaich, sgèimhich. 2. make elegant of manners: oileanaich, dean cùirteil. 3. answer to the act of polishing: gabh lìomhadh.

Polish, *s.* 1. Artificial gloss: lìomhadh, loinnireachd, lìomhachd. 2. of manners: eireachdas, cùirtealachd, àrd-mhodh.

Polishable, *adj.* So-lìomhaidh.

Polisher, *s.* Fear-lìomhaidh.

Polite, *adj.* 1. Glossy, smooth: lìomhta, lìomhaidh. 2. elegant of manners: cùirteil, modhail, àrd-mhodhail.

Politely, *adv.* See Polite.

Politeness, *s.* Modhalachd, àrd-mhodhalachd, cùirtealachd.

Politic, *adj.* 1. See Political, 1. 2. prudent, versed in affairs: eòlach, sicir, eagnaidh. 3. artful, cunning: carach, cuilbheartach, cliùcach.

Politics, *s.* Innleachdan riaghlaidh, riaghladh.

Political, *adj.* 1. Relating to politics, civil: riaghailteach, a bhuineas do eòlas riaghlaidh. 2. cunning, skilful: carach, seòlta, domhain, cliùcach.

Politically, *adv.* See Political.

Politician, *s.* 1. One versed in the arts of government: fear eòlach mu riaghladh, fear ealanta an innleachdaibh riaghlaidh. 2. a man of artifice: neach seòlta, neach cuilbheartach, fear-cliùcach.

Politure, *s.* Lìomh, lìomhadh.

Polity, *s.* 1. A form of government: modh riaghlaidh, riaghladh. 2. policy, art: seòltachd, sicireachd, cuilbheartachd.

Poll, *s.* 1. The head: ceann. 2. a catalogue: ainm-chlàr.

Poll, *v. a.* 1. Lop trees: sgud, beàrr, sgath dheth. 2. cut hair: beàrr. 3. mow, crop: buain, gearr.

4. plunder: spùinn, creach, lom. 5. take a list: gabh ainmean, sgrìobh ainmean. 6. enter one's name in a list: sgrìobh ainm. 7. insert into a number as a voter: gabh, gabh a stigh.

Pollard, *s.* 1. A tree lopped: craobh bhearrta. 2. a clipped coin: bonn lomta. 3. a stag that has cast his horns: damh maol. 4. a mixture of bran and meal: garbhan, pronn.

Pollard, *v. a.* See Poll, *v.* 1.

Polled, *adj.* et *part.* Maol.

Pollen, *s.* Min, no, duslach lus, flùr.

Poller, *s.* 1. A barber: bearradair. 2. a pillager: spùinneadair, creachadair.

Pollock, *s.* Saoidhean, cudaig.

Pollute, *v. a.* Truaill, salaich, dean neo-ghlan, dean ciontach, measgaich le salchar.

Polluted, *part.* et *adj.* Truaillte, salaichte, neo-ghlan, truaillidh.

Pollutedness, *s.* Truailleachd, sailchead, neo-ghloine.

Polluter, *s.* Fear-truaillidh, fear-salachaidh.

Pollution, *s.* 1. Act of defiling: truailleachd, salachadh. 2. state of being defiled, defilement: truaillidheachd, neo-ghloine.

Polt-foot, *s.* Cos-cham, cos spliùgach.

Polt-footed, *adj.* Cam-chosach, spliùgach, spad-chosach.

Poltron, *s.* Gealtair, cladhair, trusdair, sìochair, bleideir.

Poltron, *adj.* Gealtach, cladhaireach, trusdarach.

Poly, *prefix.* Focal Greugach: iom, iomadh, iomadaidh.

Polyanthos, *s.* Sobhrach gheamhraidh.

Polygamy, *s.* Ioma-phòsadh, iomadaidh bhan aig aon duine.

Polyglot, *adj.* Iom-chainnteach.

Polygon, *s.* Ioma-cheàrnag.

Polypous, *adj.* Iom-chosach.

Polypus, *s.* 1. In the nostrils: gnè ghuirein 's a' chuinnean. 2. a sea animal: bloinig nan daoine marbha.

Polysyllabic, Polysyllabical, *adj.* Ioma-shiollach.

Polysyllable, *s.* Iom-shiolladh.

Polytheism, *s.* Teagasg, no creidimh Pàganach nan iomadh dia.

Polytheist, *s.* Fear-aoraidh do iomadh dia.

Pomace, *s.* Treasg ùbhlan.

Pomaceous, *adj.* Ubhalach, ubhlach.

Pomade, *s.* Ola chinn, ola fuilt.

Pomatum, *s.* Ungadh fuilt.

Pome, *v. n.* Fas cruinn mar ubhal.

Pomegranate, *s.* Gràn-ubhal.

Pommel, *s.* Cnap, ploc, mall cruinn, ceann diollaide.

Pommel, *v. a.* Slad, slachduinn, gréidh, bruth, pronn.

Pomp, *s.* 1. A procession: greadhnachas, sealladh greadhnach. 2. splendour, pride: àrdan, mòrbheachd, uaill, mòr-chuis.

Pomposity, *s.* Àrdan, uaill, spagluinn, mòr-chuis.

Pompous, *adj.* Àrdanach, mòrchuiseach, mòralach, beachdail, uailleil.

Pompously, *adv.* See Pompous.

Pompousness, *s.* Àrdanachd, mòr-chuiseachd, mòralachd, beachdalachd.

Pond, *s.* Linne, lochan, poll, uisge tàimh.

Pond, *v. a.* See Ponder.

Ponder, *v. a.* et *n.* Smuainich air, smuainich, beachd-smuainich, thoir fainear, fidrich, cnuasaich.

Ponderer, *s.* Fear-beachd-smuaineachaidh, fear-cnuasachaidh.

Ponderous, *adj.* 1. Heavy, weighty: cudthromach, trom. 2. important, momentous: cudthromach, cùramach. 3. forcible, strongly impulsive: neartmhor, làidir.

Ponderously, *adv.* See Ponderous.

Ponderousness, *s.* Cudthromachd, truime, neartmhorachd, truimead.

Ponent, *adj.* Iar, 's an àirde 'n iar.

Poniard, *s.* Biodag, cuinnsear.

Poniard, *v. a.* Biodagaich, sàth ann.

Ponk, *s.* Taibhse, tannasg, bòcan oidhche.

Pontage, *s.* Cìs drochaid.

Pontiff, *s.* 1. A priest: sagart, àrd-shagart. 2. the pope: am pàpa.

Pontifical, *adj.* 1. Belonging to an high-priest: àrd-shagartach. 2. popish: pàpach, pàpanach. 3. magnificent: greadhnach, deas-ghnathach.

Pontifical, *s.* 1. A book: leabhair dheas-ghnath nam pàpanach. 2. dress and ornament of a priest or bishop: éididh sagairt, culaidh shagairt.

Pontifically, *adv.* See Pontifical.

Pontificate, *s.* Pàpachd, pàpanas, pàpanachd.

Pontificial, *s.* Pàpanach.

Pontific, *adj.* Sagartach, pàpanach.

Ponton, *s.* Drochaid air snàmh.

Pony, *s.* Gearran, each beag, pònaidh.

Pool, *s.* See Pond.

Poop, *s.* Deireadh luinge.

Poor, *adj.* 1. Indigent: bochd, aimbeartach, ainnis. 2. trifling: mìodhoir, ìosal, suarach. 3. paltry, mean: tàireil, suarach, mìodhoir, leibideach. 4. unimportant: neo-shuimeil, neo-nitheach. 5. unhappy, pitiable: aimhleasach, truagh, doilghìosach. 6. mean, depressed: ìosal, ainnis, ainniseach. 7. (a word of tenderness) dear: gaolach. 8. not good: neo-bhrìoghmhor, neo-fheumail. 9. (a word of slight contempt) wretched: leibideach. 10. the *poor:* na bochdan, na h-ainnis. 11. barren, dry: aimrid, cruaidh. 12. starved, emaciated: bochd, caol, seang. 13. without spirit, flaccid: marbh, marbhanta.

Poorly, *adv.* See Poor.

Poorly, *adj.* Euslainteach, breòite, tinn, euslan.

Poorness, *s.* 1. Poverty, indigence, want: bochduinn, aimbeart, uireasbhuidh, ainniseachd. 2. meanness, lowness: ìsleachd, tàirealachd, mìodhoireachd. 3. want of capacity: cuingead, cumhannachd, neo-chomas, laigse. 4. sterility: aimrideachd, cruas.

Poorspirited, *adj.* Tàir, mìodhoir, cladhaireach.

Poorspiritedness, *s.* Tàire, tàireachd, mìodhoireachd, cladhaireachd.

Pop, *s.* Sgailc, bradh, braghadh.

Pop, *v. a.* et *n.* 1. Put out or in, suddenly, slily,

or unexpectedly: sgoilc, sgilig. 2. shift: cuir seachad, cuir dhiot. 3. move or enter with a quick and unexpected motion: sgiolc, giolc, leum.
Pop, *adv.* Gu grad, an clisgeadh, am plathadh.
Pope, *s.* Am pàpa.
Popedom, *s.* Pàpachd, pàpanachd, pàpanas.
Popeling, *s.* Pàpanach.
Popery, *s.* Pàpanachd, pàpanas.
Popgun, *s.* Gunna sgailc, gunna chuip.
Popinjay, *s.* 1. A parrot: piorraid, pigheid. 2. a woodpecker: snagan-daraich. 3. a trifling fop: gog-cheann, baoghalan.
Popish, *adj.* Pàpanach.
Popishly, *adv.* See Popish.
Poplar, *s.* Seòrsa dhe 'n chraobh chrithinn.
Poppy, *s.* Crom lus, codalan, lus-a-chodail.
Populace, Populacy, *s.* Pobull, sluagh, an cumanta, gràisg.
Popular, *adj.* 1. Vulgar, plebeian: cumanta, poibleach. 2. suitable to the common people: so-thuigsinn, soilleir. 3. beloved by the people: taitneach do 'n t-sluagh. 4. studious of the favour of the people: déidheil air gean maith an t-sluaigh.
Popularity, *s.* 1. State of being favoured by the people: sluagh-thaitneachd. 2. what affects the vulgar: sluagh-ioghnadh, sluagh-ghabhaltachd.
Popularly, *adv.* See Popular.
Populate, *v. n.* Fàs lìonmhor, sìolaich, lìon le sluagh, àraich sluagh.
Population, *s.* Sluagh tìre, sluaghmhorachd, lìonmhoireachd, no àireamh sluaigh.
Populous, *adj.* Sluaghmhor, pobullach, lìonmhoir, mòr-shluaghach.
Populousness, *s.* See Populosity.
Porcelain, *s.* Criadh fhìnealta, soithichean crèadha grinne.
Porch, *s.* Sgàil-thigh, foir-dhorus.
Pore, *s.* Pòir, pòr, tollan-falluis, fàslach ro mheanbh 's a' chraicionn.
Pore, *v. a.* et *n.* 1. Examine, with *on:* sgrùd, geur-amhairc air, sir. 2. geur-amhairc, geur-sgrùd, dlùth-amhairc.
Poreblind, *adj.* Geàrr-fhradharcach.
Poriness, *s.* Lìonmhoireachd phòr, tolltachd.
Pork, *s.* 1. Swine's flesh unsalted: muic-fheoil, muic fheoil ùr. 2. a hog, a pig: muc, torc, uircean.
Porker, *s.* Muc, torc, uircean.
Porosity, *s.* See Poriness.
Porous, *adj.* Pòrach, tolltach, còsach, làn tholl.
Porpoise, Porpus, *s.* Péilig, muc-bhiorach, puthag.
Porridge, *s.* Brochan, easach, lite, lit.
Porringer, *s.* Truinnsear, mias.
Port, *s.* 1. A harbour: cala, acarsaid, port. 2. a gate: dorus, geata. 3. in a ship at which a gun is put out: toll gunna mhòir, toll-taoibh luinge. 4. air, mien: imeachd, iomchar, giùlan pearsa, tuar, coslas. 5. a kind of wine: fìon dearg.
Port, *v. a.* Iomchair, giùlain.
Portable, *adj.* 1. Manageable by the hand: so-laimhseachaidh. 2. carried from one place to another: so-iomchair, so-ghiùlain. 3. sufferable, supportable: so-ghiùlain, so-fhulang.
Portableness, *s.* So-ghiùlantachd, so-iomcharachd.
Portage, *s.* 1. Carriage: giùlan, iomchar. 2. the price of carriage: duais giùlain.
Portal, *s.* Dorus àrd, geata mòr.
Portass, *s.* Leabhar ùrnuigh.
Portcullis, Portcluse, *s.* Còmhladh dhùdinn, còmhla thogalach daingnich.
Portcullis, *v. a.* Druid, dùin.
Portend, *v. a.* Fàisnich, fiosaich, targaraich, roimh-fheuch, roimh-thaisbein.
Portension, *s.* Fàisneachd, fiosachd, targradh, roimh-fheuchainn, roimh-thaisbeanadh.
Portent, *s.* Droch comharradh, droch mhanadh, comharradh uile.
Portentous, *adj.* 1. Foretokening ill: taragrach, droch-mhanachail, olc-bhagrach. 2. wonderful, in an ill sense: uamhasach, oillteil, eagalach.
Porter, *s.* 1. Of a gate: dorsair. 2. one who waits at the door to receive messages: gille-theachdaireachd. 3. one who carries burdens for hire: gille-eallaich, fear-eallaich. 4. a kind of strong beer: portair, leann Sasunnach.
Porterage, *s.* 1. Carriage: iomchar, giùlan. 2. paid for carriage: duais iomchair, luach-iomchair.
Portglave, *s.* Gille-claidheimh.
Porthole, *s.* See Port, *s.* 3.
Portico, *s.* Sgàilean, sràid chòmhdaichte.
Portion, *s.* 1. A part: earann, roinn, cuid. 2. an allotment, a dividend: cuibhrionn, cuid, roinn. 3. given to a child: dìleab, cuid leanaibh, dlighe. 4. a wife's fortune: tochradh.
Portion, *v. a.* 1. Divide, parcel: roinn. 2. endow with a fortune: thoir dlighe, no tochradh do.
Portioner, *s.* Fear roinn, fear dìolaidh.
Portliness, *s.* Stàtalachd, foghainteachd, riochdalachd, tomadachd, dòmhlachd.
Portly, *adj.* 1. Grand of mien: stàtail, riochdail. 2. bulky, swelling: tomadach, tiugh, dòmhail.
Portmanteau, *s.* Màileid, màileid turuis.
Portrait, *s.* Dealbh duine, riochd, samhladh.
Portrait, *v. a.* Dreach, tarruing dealbh.
Portray, *v. a.* 1. Paint: dreach, tarruing dealbh. 2. adorn with pictures: sgeadaich le dealbhaibh.
Portress, *s.* Ban-dorsair.
Porwigle, *s.* Ceanna-phollag.
Pory, *adj.* See Porous.
Pose, *s.* Cneatan, casad.
Pose, *v. a.* 1. Puzzle, put to a stand: cuir 'n a thosd, cuir an imcheist, cuir gu iom-chomhairle. 2. See Appose.
Poser, *s.* Fear ceasnachaidh, fear-rannsachaidh.
Posited, *adj.* Suidhichte, càirichte.
Position, *s.* 1. Situation: suidheachadh, ionad. 2. principle: ponc, ceann.
Positional, *adj.* Ionadach.
Positive, *adj.* 1. Not negative: fìor, fìrinneach. 2. absolute, not implied: dìreach, sònruichte, soilleir. 3. dogmatical: rag-bharalach, féin-bharalach. 4. settled by arbitrary appointment: suidh-

ichte, stéidhichte, socraichte, ùghdarrach. 5. certain, assured : dearbh-chinnteach, dearbhta.

Positively, *adv.* See Positive.

Positiveness, *s.* 1. Actualness: fìrinneachd, dearbhtachd, cinnteachd. 2. confidence: féin-bharalachd, rag-bharalachd.

Positure, *s.* Suidheachadh, luidhe, ionad.

Posse, *s.* Buidheann, buidheann armaichte.

Possess, *v. a.* 1. As an owner: sealbhaich. 2. seize, obtain : glac, gabh seilbh air. 3. make master of: thoir seilbh air. 4. fill with something fixed: lìon. 5. have power over: sealbhaich, faigh uachdranachd air.

Possession, *s.* 1. State of owning: sealbhachadh, seilbh. 2. thing possessed: seilbh. 3. the internal operation of an unclean spirit: boile dheamhnaidh.

Possessioner, *s.* Sealbhadair, fear seilbh.

Possessive, *s.* Seilbheach, seilbheachail.

Possessor, *s.* Sealbhadair, fear-seilbhe.

Posset, *s.* Bainne binndichte.

Posset, *v. a.* Binndich.

Possibility, *s.* Urrainneachd, comas, comasachd, murrachd, so-dhèantachd.

Possible, *adj.* Comasach, so-dhèanaimh, so-dhèanta.

Possibly, *adj.* See Possible. See Perhaps.

Post, *s.* 1. A messenger: gille ruith, gille-litrichean. 2. manner of travelling: cabhag, turus cabhagach. 3. situation, seat: dreuchd. 4. military station : ionad freiceadain. 5. place, employment, office, dreuchd, àite, gnothuch. 6. a piece of timber set erect: post.

Post, *v. n.* Dean turus cabhagach.

Post, *v. a.* 1. Fix opprobiously on posts: masluich le sanas sgrìobhta, nàraich gu folluiseach. 2. place, fix: suidhich, socruich, daingnich. 3. register methodically: cuir sìos an òrdugh, ath-sgrìobh.

Postable, *adj.* See Portable.

Postage, *s.* Pàidheadh litreach, duais giùlain litreach.

Postboy, *s.* Gille-ruith, fear-carbaid rathaid.

Postchaise, *s.* Carbad rathaid, carbad duaise.

Poster, *s.* Gille ruith, teachdaire cabhagach.

Posterior, *adj.* Deireannach, air deireadh, air cùl.

Posteriors, *s.* Leth-deiridh, màsan, tòn.

Posterity, *s.* Sliochd, clann, iarmad, gineal, linntean gu teachd.

Postern, *s.* Dorusan, dorus beag, frith-gheata.

Posthaste, *s.* Cabhag, deifir, gleus-ruith, gradshiubhal.

Posthorse, *s.* Each turuis, each tuarasdail.

Post-house, *s.* Tigh litrichean.

Posthumous, *adj.* An déigh bàis.

Postic, *adj.* O 'n taobh chùil, air a' chùlaobh, deireannach.

Postilion, *s.* Gille carbaid, greasadair each.

Postman, *s.* Gille ruith, gille litrichean.

Postmaster, *s.* Maigstir-phost, fear-tigh-litrichean.

Post-office, *s.* Tigh-litrichean.

Postpone, *v. a.* 1. Put off, delay: cuir dàil ann, cuir seachad, leig le. 2. with *to:* cuir am beag-phris.

Postponement, *s.* Dàil, màirneal, fadal.

Postscript, *s.* Fath-sgrìobhadh, foir-sgrìobhadh.

Postulate, *v. a.* 1. Beg, or assume without proof: gabh, no tog gun dearbhadh. 2. invite: gairm, guidh.

Postulate, *s.* Fìrinn gun dearbhadh, beachd gun dearbhadh.

Postulation, *s.* 1. Act of supposing without proof: togail gun dearbhadh, beachd gun dearbhadh. 2. supplication: asluchadh, tagradh, guidheadh. 3. suit, cause: cùis, cùis-thagraidh.

Posture, *s.* 1. Place, situation: àite, suidheachadh, luidhe. 2. of the parts of the body: luidhe, suidheachadh, suidhe, dòigh suidhe, no, seasaimh, no luidhe. 3. state, disposition: càil, mèinn.

Posture, *v. a.* Suidhich, socraich.

Posy, *s.* 1. A motto: seud-sgrìobhadh, sgrìobhadh air fàinne, no, seud. 2. a bunch of flowers: blàth-dhos, blàth-bhad.

Pot, *s.* 1. In which meat is boiled: poit, prais, coire, aghann. 2. to hold liquids: soitheach dibhe, soire. 3. made of earth: soitheach crèadha. 4. a cup: càirt dibhe, soitheach càirt. 5. Go to pot: rach as do, rach a dholaidh.

Pot, *v. a.* Cuir am poit, gléidh am poit.

Potable, *adj.* So-òlta, so-òlaidh.

Potash, *s.* Luath rainich.

Potation, *s.* 1. A drinking bout: pòit, pòitearachd. 2. a draught: balgum, tarruing, deoch. 3. species of drink: deoch, dibh.

Potato, *s.* Buntàta, bun-taghta.

Potbellied, *adj.* Bronnach, taigiseach, maodalach.

Potbelly, *s.* Brù mhòr, maodal air at.

Potch, *v. a.* et *n.* 1. Boil slightly: slaop. 2. thrust, push: pùc, sàth, dinn.

Potcompanion, *s.* Comh-phòitear, companach òil.

Potency, *s.* 1. Power, influence, authority: ùghdarras, uachdranachd. 2. efficacy, strength: neart, éifeachd, cumhachd.

Potent, *adj.* 1. Powerful, efficacious: neartmhor, cumhachdach, làidir, éifeachdach. 2. having great authority, or dominion: uachdranail, ùghdarrail, tighearnail, smachdail.

Potentate, *s.* Righ, àrd-uachdaran.

Potential, *adj.* 1. Existing in possibility: comasach, murrach, so-dhèanta. 2. having the effect without the actual property: buadhach, éifeachdach, neartmhor.

Potentiality, *s.* Comasachd, murrachd, so-dhèantachd.

Potentially, *adv.* See Potential.

Potently, *adv.* See Potent.

Potentness, *s.* Neartmhorachd, cumhachd, éifeachd, uachdranachd, tighearnas.

Potgun, *s.* Gunna beag, gunna sgailc.

Pothanger, *s.* Slabhruidh, cròcag, bùlais.

Pother, *s.* Buaireas, gleadhar, amhluadh, strì, duaichnidheachd.

Pother, *v. a.* et *n.* Dean gleadhraich, buair, tog buaireas, no amhluadh, thoir oidhirp dhìomhain.

Potherb, *s.* Poit-luibh, luidh-ithcannaich.

Pothook, *s.* 1. See Pothanger. 2. ill formed or scrawled letters or characters: cam sgrìobadh, sgròbadh.

Pothouse, *s.* Tigh leanna.
Potion, *s.* Deoch, tarruing, dibh.
Potlid, *s.* Brod poite.
Potshard, } *s.* Slige-chreàdha, bloigh poite, crùisg-
Potsherd, } ean.
Pottage, *s.* Brochan, lite, biadh bruich.
Potter, *s.* Criadhadair.
Pottery, *s.* Criadhadaireachd, soithichean crèadha.
Pottle, *s.* Tomhas dibhe, ceithir pinntean.
Potulent, *adj.* Òlmhor, leth-mhisgeach.
Pouch, *s.* 1. A pocket: pòc, pòca, pòcaid. 2. a big belly, or paunch: maodal, brù mhòr, taigeas.
Pouch, *v. a.* 1. Pocket: cuir 'n ad phòc, cuir am pòca, pòcaich. 2. swallow: sluig, glam. 3. pout, hang down the lip: dean goill, cuir goill ort.
Pouchmouthed, *adj.* Goilleach, spliugach, spreilleach.
Poverty, *s.* 1. Want of riches: bochduinn, bochdas, ainnis, aimbeart. 2. meanness, defect: smal, uireasbhuidh, mìothaireachd.
Pouldavis, *s.* Cainb, aodach siùil.
Poult, *s.* Isean, isean còin.
Poulter, } *s.* Fear reic cun.
Poulterer, }
Poultice, *s.* Fuar-lite, plàsd.
Poultice. *v. a.* Cuir plàsd ri, cuir fuar-lite ri.
Poultry, *s.* Cearcan, còin thighe.
Pounce, *s.* 1. Of a bird of prey: spòg, cràg, ionga. 2. thrown on paper: gaineamh mhìn, gaineamh sgrìobhadaire. 3. cloth worked in eyelet holes: eudach tolltach, eudach fosgailte.
Pounce, *v. a.* 1. Work in eyelet holes: toll, oibrich 'n a thuill. 2. pour or sprinkle through small perforations: crath troimh thuill. 3. seize: teum, dean greim ingne air.
Pounced, *adj.* Iongnach, ionganach, spògach, cràgach.
Pound, *s.* 1. A weight: punnd. 2. of money: punnd. 3. a pinfold, an enclosure: punnd, mainnir, spréidh-ghainntir, fang.
Pound, *v. a.* 1. Beat, grind, as with a pestle: pronn, bruth, meil. 2. shut up, or imprison in a fold: fangaich, cuir am punnd.
Poundage, *s.* 1. A sum deducted: cìs puinnd, leagadh 's a' phunnd. 2. payment rated by the weight of the commodity: cìs cothroim, cìs-cudthroim. 3. of cattle in a pound: fangachadh, cur a stigh.
Pounder, *s.* 1. A sort of pear: seòrsa péir. 2. any person or thing denominated from a certain number of pounds: punndair. 3. a pestle: pronnadair, bruthadair. 4. of cattle: punndair.
Pour, *v. a.* 1. Let out of, or into a vessel: dòirt, taom. 2. give vent to, send forth: taom, cuir a mach. 3. stream, flow: dòirt, taom. 4. rush tumultuously: taom, sruth, dòirt gu cas, brùchd.
Pourer, *s.* Fear-taomaidh, taomadair.
Pourtray, *v. a.* See Portray.
Pout, *s.* 1. A kind of fish, a cod fish: bodach. 2. See Poult, *s.*
Pout, *v. n.* 1. Look sullen: cuir spliug ort, cuir gnoig ort, cuir spreill ort. 2. shoot out: croch a mach, croch sìos.
Powder, *s.* Fùdar, dus, duslach, smùr, sad.
Powder, *v. a.* 1. Reduce to dust: pronn, mìnphronn, mìn-bhruth, dean 'n a smùr. 2. sprinkle: crath, cuir smùr air. 3. sprinkle with salt: crath salann air.
Powder flask, } *s.* Adharc, adharc-fhùdair.
Powder horn, }
Powdery, *adj.* Mìn, pronn, smùranach, brisg.
Power, *s.* 1. Command, authority: cumhachd, uachdranachd, smachd. 4. influence: cumhachd, comas, neart. 3. ability: comas, neart. 4. motive, force: neart. 5. of an engine: neart, comas. 6. animal strength: neart, comas. 7. of the mind: buaidh, comas, ceud-fath. 8. right of governing: uachdranachd, comas, ùghdarras, cumhachd, smachd. 9. sovereign, potentate: riaghlair, uachdaran, tighearn. 10. one invested with dominion: uachdaran, tighearn. 11. divinity: diadhachd. 12. host, army: feachd. 13. a large quantity, a great number: mòran, neart.
Powerful, *adj.* 1. Invested with command or authority: cumhachdach, ùghdarrail, smachdail. 2. forcible, mighty: neartmhor, cumhachdach, comasach, làidir. 3. efficacious: éifeachdach, làidir.
Powerfully, *adv.* See Powerful.
Powerfulness, *s.* Cumhachd, neartmhorachd, comasachd.
Powerless, *adj.* Lag, fann, lag-chuiseach.
Pox, *s.* 1. Pustules: breac, bòcais. 2. the venereal disease: an droch thinneas, clap, breac Fhrangach.
Poze, *v. a.* See Pose.
Practicability, *s.* Comasachd, so-dhèantachd.
Practicable, *adj.* Comasach, so-dhèanta, soghlacaidh.
Practicably, *adv.* See Practicable.
Practical, *adj.* Cleachdail, cleachdta, dèanadach, gnàthaichte.
Practically, *adv.* See Practical.
Practicalness, *s.* Cleachdalachd, dèanadachd.
Practice, *s.* 1. The habit of doing any thing: cleachdadh, àbhais. 2. customary use: àbhais, gnàths, gnàth, nòs. 3. dexterity: teòmachd, ealantachd. 4. actual performance: dèanamh, gnìomh, obair. 5. method, or art: seòl, innleachd, dòigh. 6. medical treatment: dòigh leighis. 7. of any profession: cleachdadh, gnàthachadh. 8. stratagem: cuilbheart, droch, innleachd.
Practic, *adj.* 1. Relating to action: cleachdach, dèanadach. 2. acquainted with: eòlach, teòma.
Practise, *v. a.* et *n.* 1. Do habitually: cleachd, gnàthaich. 2. do, not merely to profess: dèan, cuir an gnìomh. 3. in order to dexterity: cleachd, gnàthaich. 4. draw by artifices: cleachd cuilbheart, meall. 5. form a habit of acting in any manner: dean cleachdadh dheth, foghluim cleachdamh. 6. transact secretly: oibrich gu dìomhair. 7. use bad arts or stratagems: cleachd cuilbheartan. 8. use methodical methods: gabh

seòl ri, gabh dòigh ri. 9. exercise any profession: cleachd, gnàthaich, cuir an gnìomh.

Practisant, *s.* Dèanadair, fear-dèanaimh, fear-cleachdaidh.

Practiser, *s.* 1. One that practises any thing: fear-dèanaimh, fear-cleachdaidh. 2. one who prescribes medical treatments: fear leighis. 3. one who uses bad arts: fear cuilbheirt, fear carach, mealltair.

Practitioner, *s.* 1. One engaged in the actual service of any art: fear céirde, fear gnothuich. 2. one who uses any sly or dangerous arts: fear cuilbheirt, mealltair. 3. one who does any thing habitually: fear-cleachdaidh.

Pragmatic, Pragmatical, *adj.* Meachranach, beadaidh, rudanach, leamh.

Pragmatically, *adv.* See Pragmatic.

Pragmaticalness, *s.* Meachranachd, beadhaidheachd, rudanachd, leamhachd.

Praisable, *adj.* So-mholaidh, ion-mholta.

Praise, *s.* 1. Renown, fame, celebrity: cliù, urram, deadh ainm, deadh alladh, ainm, ainmealachd. 2. glorification, tribute of gratitude, laud: moladh, cliùthachadh, buidheachas. 3. ground or reason of praise: aobhar molaidh.

Praise, *v. a.* 1. Commend, applaud, celebrate: mol, cliùthaich. 2. glorify in worship: àrd-mhol, mol.

Praiseful, *adj.* See Laudable.

Praiseless, *adj.* Neo-mholta, neo-chliùthaichte.

Praiser, *s.* Fear-molaidh, fear-cliùthachaidh.

Praiseworthiness, *s.* Ion-mholtachd.

Praiseworthy, *adj.* Ion-mholta, ion-mholaidh.

Prame, *s.* Bàta leathann, sgoth leathann.

Prance, *v. n.* Leum, geàrr sùrdag, cémnich gu h-uallach.

Prancing, *s.* Leumnaich, gearradh shùrdag, sùrdagaich.

Prank, *v. a.* Sgèamhaich, breaghaich, grinnich, dean grinn.

Prank, *s.* Cleas, cleasachd, meamnadh, mac-meamna, mire, beadradh, cuilbheart, droch cleas.

Prank, *adj.* Cleasach, meamnach, mireagach, cuilbheartach.

Prate, *v. n.* Dean goileam, dean lonais, dean faoinchainnt, dean gobaireachd.

Prater, *s.* Neach goilcamach, fear goileim, fear bruidhneach, beul gun fhàitheam, gobair, glagair.

Prating, *s.* Goileam, lonais, bruidhneachas, gobaireachd, glagaireachd.

Pratingly, *adv.* Gu goileamach, gu glagaireach, gu lonaiseach.

Prattle, *s.* See Prate, *s.*

Prattle, *v. n.* See Prate, *v.*

Pratter, *s.* See Prater.

Pravity, *s.* Truaillidheachd, coiriptheachd, aingidheachd.

Praxis, *s.* See Practice, *s.*

Pray, *v. a.* et *n.* Guidh, dean ùrnuigh, iarr, sir. I pray thee: guidheam ort.

Prayer, *s.* Ùrnuigh, guidheadh, guidhe, iarrtas, athchuinge.

Prayerbook, *s.* Leabhar ùrnuigh.

Pre, *prefix.* Focal Laidinn, Roimh, roimhe.

Preach, *v. a.* et *n.* Searmonaich, dean searmon.

Preacher, *s.* Searmonaiche.

Preaching, *s.* Searmon, searmonachadh.

Preacquaintance, *s.* Roimh-eòlas, roimh-aithne.

Preadmonish, *v. a.* Roimh-chomhairlich, roimh-earalaich.

Preamble, *s.* Roimh-ràdh, roimh-sgrìobhadh.

Preapprehension, *s.* Roimh-bheachd, roimh-bharail.

Preaudience, *s.* Roimh-éisdeachd.

Precarious, *adj.* Neo-chinnteach, teagamhach, baoghalach.

Precariously, *adv.* See Precarious.

Precariousness, *s.* Neo-chinnteachd, teagamhachd, baoghalachd.

Precaution, *s.* Faicill, furachras, roimh-aire, roimh-chùram.

Precaution, *v. a.* Roimh-fheuch, roimh-chomhairlich, thoir rabhadh.

Precede, *v. a.* Roimh-imich, rach roimhe, gabh toiseach air.

Precedence, Precedency, *s.* 1. Act or state of going before: roimh-imeachd, toiseach. 2. adjustment of place: inbhe. 3. the foremost place in ceremony: toiseach, tùs. 4. superiority: roimh-inbhe, roimh-àit.

Precedent, *adj.* Roimhe, air thoiseach, tùsach.

Precedent, *s.* Roimh-riaghailt, riaghailt, eisimpleir.

Precedented, *adj.* Eisimpleireach.

Precentor, *s.* Gille shalm, fear seinn, fear togail fuinn.

Precept, *s.* Àithne, reachd, riaghailt.

Preceptive, *adj.* Reachdach, riaghailteach, àithneil.

Preceptor, *s.* Fear foghluim, oide-munaidh, oide-ionnsachaidh.

Precinct, *s.* See Boundary.

Precious, *adj.* Luachmhor, prìseil, daor. In irony, worthless: gun fhiù.

Preciously, *adv.* See Precious.

Preciousness, *s.* Luachmhorachd, prìsealachd.

Precipiece, *s.* Cas leathad, cas-bhruthach, creag, cas-chreag.

Precipitance, Pretipitancy, *s.* Caise, braise, cabhag, deifir, braisead, déine.

Precipitant, *adj.* Cas, bras, dian, cabhagach, luath, neo-fhàicilleach.

Precipitantly, *adv.* See Precipitant.

Precipitate, *v. a.* Tilg sìos, tilg an coinneamh a chinn, cabhagaich, deifrich.

Precipitate, *v. n.* Tuit sìos, luidh sìos, sìolaidh gu grunnd.

Precipitate, *adj.* See Precipitant.

Precipitately, *adv.* See Precipitate, *adj.*

Precipitation, *s.* Tilgeadh sìos, tuiteam sìos, sìoladh sìos, caise, braise.

Precipitious, *adj.* Cas, corrach, creagach.

Precipitous, *adj.* 1. Headlong, steep: cas, corrach. 2. hasty, sudden, rash: cas, bras.

Precipitously, *adv.* See Precipitous.
Precipitousness, *s.* See Precipitance.
Precise, *adj.* Poncail, puncail, cagnaidh, cagarach, fuirmeil, rudanach.
Precisely, *adv.* See Precise.
Preciseness, *s.* Poncalachd, puncalachd, cagnaidh-eachd, cagarachd, fuirmealachd.
Precisian, *s.* Neach ro phuncail.
Precision, *s.* See Preciseness.
Preclude, *v. a.* Dùin a mach, druid a mach, bac, cuir bacadh air.
Preclusion, *s.* Dùnadh a mach, druideadh a mach, bacadh, ṙoimh-bhacadh.
Preclusive, *adj.* Bacail, ṙoimh-bhacail, toirmeasg-ach.
Preclusively, *adv.* See Preclusive.
Precocious, *adj.* Ṙoimh-abuich, abuich ṙoimh 'n àm, luathaireach.
Precociousness, *s.* Ṙoimh-abuichead, luathaireachd.
Precocity, *s.* See Precociousness.
Precognition, *s.* Ṙoimh-fhiosrachadh, ṙoimh-fhid-reachadh.
Precompose, *v. a.* Dean ṙoimh làimh.
Preconceit, *s.* Ṙoimh-bheachd, ṙoimh-bharail.
Preconceive, *v. a.* Ṙoimh-bheachdaich, ṙoimh-smuainich.
Preconception, *s.* Roimh-bheachd, ṙoimh-bharail.
Preconcerted, *adj.* Ṙoimh-shuidhichte.
Precontract, *s.* Roimh-chùmhnant, ṙoimh-shuidh-eachadh.
Precontract, *v. a.* Ṙoimh-chumhnantaich.
Precurse, *s.* Ṙoimh-ṙuith, ṙoimh-ṙuitheadh.
Precursor, *s.* Ṙoimh-ṙuith-fhear.
Precursory, *adj.* Ṙoimh-ṙuitheach.
Precursory, *s.* Ṙoimh-ṙàdh.
Predaceous, *adj.* Faobhach, creachach, spùinnt-each.
Predal, } *adj.* Spùinnteach, reubannach, creach-
Predatory, } ach, faobhach.
Predecease, *v. a.* Ṙoimh-bhàsaich, ṙoimh-chaoch-ail, faigh bàs ṙoimh 'n fhear eile.
Predecessor, *s.* Sinnsear, fear ṙoimh-sheilbh, ṙoimh-shealbhadair.
Predestinarian, *s.* Creidmheach an ṙoimh-òrd-uchadh Dhé.
Predestinate, *v. a.* Ṙoimh-òrduich.
Predestination, *s.* Ṙoimh-òrduchadh Dhé, ṙoimh-thaghadh Dhé.
Predestinator, *s.* See Predestinarian, *s.*
Predestine, *v. a.* Roimh-òrduich, ṙoimh-shònruich.
Predeterminate, *adj.* Ṙoimh-òrduichte, ṙoimh-shònruichte.
Predetermination, *s.* Ṙoimh-òrduchadh, ṙoimh-shònrachadh.
Predial, *adj.* Fearannach, a bhuineas do dh' fhear-ann.
Predicable, *adj.* So-aithris, so-chur an céill mu ṅi, no, ṅeach.
Predicament, *s.* Cor, inbhe, ìre, gnè, òrdugh.
Predicant, *s.* Fear-aithris, fear-innseadh.
Predicate, *v. a.* et *n.* Abair, abair mu, innis, aithris, cuir an céill mu.
Predicate, *s.* Tuairisgeul, aithris, ràdh.
Predication, *s.* Innseadh, aithris, cur an céill, iomradh.
Predict, *v. a.* Ṙoimh-innis, innis ṙoimh-làimh, ṙoimh-aithris.
Predictive, *adj.* Ṙoimh-innseach, ṙoimh-aithris-each.
Predictor, *s.* Ṙoimh-innsear, fear-ṙoimh-innsidh, fàidh, fiosaiche.
Predigestion, *s.* Ṙoimh-mheirbheadh, ṙoimh-chnàmh.
Predilection, *s.* Ṙoimh-thlachd, ṙoimh-ghràdh.
Predispose, *v. a.* Ṙoimh-aom, ṙoimh-uidheamaich, ṙoimh-chàraich.
Predisposition, *s.* Roimh-aomadh, ṙoimh-uidheam-achadh, ṙoimh-chàradh.
Predominance, } *s.* Barrachd, uachdranachd, làmh
Predominancy, } an uachdar, àrd-chomas, smachd, buaidh, ceannardas, ceannas.
Predominant, *adj.* Uachdranach, uachdranail, ceannasach, buadhach.
Predominantly, *adv.* See Predominant.
Predominate, *v. a.* et *n.* Buadhaich, bi buadhach, glac ceannas, faigh ceannas.
Preelect, *v. a.* Ṙoimh-thagh.
Preelection, *s.* Ṙoimh-thaghadh.
Preeminence, *s.* Àrd-urram, òirdheirceas, àrd-inbhe, àrd-bhuaidh.
Preeminent, *adj.* Àrd-urramach, òirdheirc, àrd-inbheach, àrd-bhuadhach.
Preeminently, *adv.* See Preeminent.
Preengage, *v. a.* Ṙoimh-chùmhnantaich, ṙoimh-chòrd, ṙoimh-cheangail.
Preengagement, *s.* Ṙoimh-chùmhnant, ṙoimh-cheangal, ṙoimh-ghealladh.
Preestablish, *v. a.* Ṙoimh-shuidhich, ṙoimh-shoc-ruich.
Preestablishment, *s.* Ṙoimh-shuidheachadh, ṙoimh-shocruchadh.
Preexamination, *s.* Ṙoimh-cheasnachadh, ṙoimh-ṙannsachadh.
Preexist, *v. n.* Bi ann ṙoimh ṅi, no, ṅeach eile.
Preexistence, *s.* Ṙoimh-bhith, ṙoimh-bheatha, ṙoimh-bheò.
Preexistent, *adj.* Ṙoimh-bhitheach.
Preface, *s.* Ṙoimh-ṙàdh.
Preface, *v. a.* et *n.* Ṙoimh-abair, ṙoimh-aithris.
Prefacer, *s.* Sgrìobhadair ṙoimh-ṙàdh.
Prefatory, *adj.* Ṙoimh-ṙàdhach.
Prefect, *s.* Ceannaid, fear-dìona, fear-riaghlaidh.
Prefer, *v. a.* 1. More than another: thoir urram do, roghnaich, thoir an t-urram do. 2. exalt, raise: tog, àrdaich, thoir gu h-inbhe. 3. offer solemnly: tairg, thoir seachad am folluis. I prefer: is fèarr leam.
Preferable, *adj.* Ion-roghnaidh, ion-rognachaidh, roghanach, taghta.
Peeferableness, *s.* Ion-ṙoghnaidheachd, roghan-achd.
Preferably, *adv.* See Preferable.
Preference, *s.* Roghann, roghnachadh, taghadh, roghanachd, urram.

Preferment, *s.* Ardachadh, àrdachd, àrd-inbhe.
Prefigurate, *v. a.* Samhlaich, roimh-shamhlaich, cum a mach.
Prefiguration, *s.* Samhlachadh, roimh-shamhlachadh.
Prefigurative, *adj.* Roimh-shamhlachail.
Prefigure, *v. a.* See Prefigurate.
Prefix, *v. a.* 1. Appoint beforehand: roimh-shònruich, roimh-shuidhich. 2. settle, establish: socruich, suidhich. 3. put before another: roimhchuir, cuir roimhe.
Prefix, *s.* Roimh-fhocal.
Preform, *v. a.* Roimh-dhealbh, roimh-chum.
Pregnable, *adj.* So-ghlacaidh.
Pregnance, *s.* 1. State of being impregnated: torrachas. 2. inventive power: innleachd, cnuasachd, tùr.
Pregnancy, *s.* 1. With young: torrachas, lethtromas, leth-tromachd. 2. fertility: torrachas, pailteachd. 3. inventive power: tùr, cnuasachd, teòmachd, innleachd.
Pregnant, *adj.* 1. Breeding: torrach, torach, làn, trom. 2. fertile, impregnating: torach, tarbhach, sìolmhor. 3. full of consequence: tarbhach, cudthromach, àraidh.
Pregnantly, *adv.* See Pregnant.
Preinstruct, *v. a.* Roimh-ionnsuich, roimh-theagaisg.
Prejudge, *v. a.* Roimh-bhreithnich, thoir breth roimh làimh.
Prejudgment, *s.* Roimh-bhreth, breth-roimh laimh, claon-bhreth.
Prejudicate, *v. a.* et *n.* Roimh-bhreithnich, thoir claon-bhreth, claon-bhreithnich.
Prejudicate, *adj.* Claon-bhreitheach.
Prejudication, *s.* Claon-bhreithneachadh.
Prejudicative, *adj.* Claon-bhreitheach.
Prejudice, *s.* 1. Prepossession, judgment beforehand: roimh-bhreith, claon-bhreth, claon-bhàigh. 2. mischief, detriment: cron, lochd, coire, dochann.
Prejudice, *v. a.* 1. Prepossess with unexamined opinions: cuir an droch bheachd, cuir an droch bharail, cuir an claon-bhreth. 2. obstruct or injure by prejudice previously raised: dochainn le roimh-bhreth, no, le claon-bhreth. 3. injure or hurt: ciùrr, dochainn, lochdaich.
Prejudicial, *adj.* 1. Obstructed by means of opposite prepossessions: claon-bhretheach, lethbhretheach. 2. contrary, opposite: an aghaidh, an ceart aghaidh. 3. hurtful: cronail, ciùrrtach, lochdach, aimhleasach.
Prejudicialness, *s.* Cronalachd, lochdalachd, ciùrrtachd, aimhleasachd.
Prelacy, *s.* Easbuigeachd.
Prelate, *s.* Easbuig.
Prelateship, *s.* Easbuigeachd.
Prelatic, Prelatical, } *adj.* Easbuigeach.
Prelatically, *adv.* See Prelatic.
Prelection, *s.* Searmon, searmonachadh, leughadh òraid.
Prelector, *s.* Searmonaiche, leughadair òraid.
Preliminary, *adj.* Tòiseachail, ceud-thùsach.
Preliminary, *s.* Ceud-thus, toiseach, tùs-ghnothach.
Prelude, *s.* 1. Of music before a full concert: tùs-cheòl, huille chiùil. 2. something introductory: toiseach, tùs, roimh-gnothach, roimh-chùis.
Prelude, *v. a.* et *n.* 1. Play before: roimh-chluich, tog fonn. 2. be previous to: gabh toiseach, roimh-thaisbean.
Prelusive, *adj.* Roimh-làimh, roimh-làimheach.
Prelusory, *adj.* Tòiseachail, tionnsgaineach, tùsach.
Premature, *adj.* Roimh-abuich, roimh-thràthail, an-tràthail.
Prematurely, *adv.* See Premature.
Prematureness, Prematurity, } *s.* Roimh-abuichead, roimh-thràthalachd, an-tràthalachd.
Premeditate, *v. a.* Roimh-thionnsgain, roimhbheachdaich, roimh-chnuasaich.
Premeditate, *adj.* Roimh-thionnsgaineach, roimhchnuasaichte.
Premeditately, *adv.* See Premeditate.
Premeditation, *s.* Roimh-thionnsgnadh, roimhbheachdachadh, roimh-chnuasachadh.
Premerit, *v. a.* Roimh-thoill, roimh-choisinn.
Premices, *s.* Ceud thoradh.
Premier, *adj.* Prìomh, ceannardach, toiseach, àrd.
Premier, *s.* Ceannard chomhairleach, àrd-chomhairleach.
Premise, *v. a.* et *n.* 1. Explain previously: roimhmhìnich, leag stéidh-mhìneachaidh. 2. make antecedent propositions: tòisich, leag stéidh-labhairt, roimh-stéidhich.
Premises, *s.* 1. Antecedently supposed or proved: roimh-nithe, roimh fhìrinnean. 2. houses, or lands: tighean, aitreabh, fearann.
Premium, *s.* Duais, duais barrachd, leasachadh duais, saor-dhuais.
Premonish, *v. a.* Roimh-chomhairlich, roimh-earalaich, thoir rabhadh.
Premonstrate, *v. a.* Roimh-thaisbean, roimhfheuch, roimh-shoilleirich.
Premonstration, *s.* Roimh-thaisbeanadh, roimhfheuchainn, roimh-shoilleireachadh.
Premunition, *s.* Roimh-chunnuil.
Prenominate, *v. a.* Roimh-ainmich.
Prenominate, *adj.* et *part.* Roimh-ainmichte.
Prenomination, *s.* Roimh-ainmeachadh.
Prenotion, *s.* Roimh-aithne, roimh-fhios.
Prentice, *s.* See Apprentice.
Prenticeship, *s.* See Apprenticeship.
Preoccupation, *s.* 1. Anticipation: roimh-ghabhail. 2. See Prejudice, *s.* 1, 2.
Preoccupy, *v. a.* Roimh-ghabh, roimh-ghlac.
Preominate, *v. a.* Roimh-innis, roimh-fheuch, dean fiosachd.
Preopinion, *s.* Roimh-bheachd, roimh-bharail.
Preoption, *s.* Roimh-roghann, ceud roghann.
Preordain, *v. a.* Roimh-òrduich, roimh-shònruich.
Preordinate, *part. adj.* Roimh-òrduichte, roimhshònruichte.

Preordination, *s.* Ṙoimh-òrduchadh, ṙoimh-shònruchadh.

Preparation, *s.* 1. Act of preparing: uidheamachadh, deasachadh, ullachadh. 2. previous measures: ullachadh, tionnsgnadh, tionnsgnaidhean. 3. ceremonious introduction: ṙoimh-rabhadh, fàilte fhuirmeil. 4. by a regular process: ullachadh, gleusadh. 5. by process of operation: uidheam, acfhuinn.

Preparative, *adj.* Ullachail, deasachail.

Preparative, *s.* Ullachadh, uidheamachadh, gleusadh.

Preparatory, *adj.* Ullachail, ṙoimh-fheumail.

Prepare, *v. a.* et *n.* Ullaich, uidheamaich, gleus, deasaich, dean réidh, réitich.

Preparedness, *s.* Ullamhachd, deisealachd.

Preparer, *s.* Fear-ullachaidh, fear-réiteachaidh, fear-uidheamachaidh, fear-gleusaidh.

Prepense, *v. a.* Ṙoimh-smuainich, ṙoimh-bheachdnich, rùnaich.

Prepense, *adj.* Ṙoimh-smuainichte, ṙoimh-bheachdaichte, suidhichte, rùnaichte.

Preponderance, } *s.* Barrachd, barrachd cudthroim,
Preponderancy, } cothrom, barrachd cothrom.

Preponderate, *v. a.* et *n.* 1. Outweigh: cothromaich, thoir barrachd le cudthrom, ana-cudthromaich. 2. by stronger influence: faigh buaidh, buadhaich air, ceannsaich, faigh làmh an uachdar.

Prepose, *v. a.* Ṙoimh-chuir, cuir ṙoimh.

Preposition, *s.* Ṙoimh-bhriathar, ṙoimh-fhocal, corr-fhocal.

Prepossess, *v. a.* Ṙoimh-ghabh, ṙoimh-ghlac, ṙoimh-shealbhaich.

Prepossession, *s.* 1. Preoccupation: ṙoimh-sheilbh, ṙoimh-shealbhachadh. 2. See Prejudice, 1, 2.

Prepossessor, *s.* Ṙoimh-shealbhadair.

Preposterous, *adj.* Docharach, baoghalta, iomrallach, amaideach, eu-céillidh.

Preposterously, *adv.* See Preposterous.

Preposterousness, *s.* Docharachd, baoghaltachd, iomrallachd, eu-céillidheachd.

Prerequire, *v. a.* Ṙoimh-iarr, ṙoimh-thogair.

Prerequisite, *adj.* Ṙoimh-fheumail.

Prerequisite, *s.* Ṙoimh-ghoireas.

Preresolve, *v. a.* Ṙoimh-ṙùnaich, ṙoimh-shuidhich.

Prerogative, *s.* Sochair, dlighe, còir-dhlighe.

Prerogatived, *adj.* Aig am bheil còir dhligheach, dligheachail.

Presage, *s.* Comharradh, sanas, manadh, fàisneachd.

Presage, *v. a.* Ṙoimh-innis, ṙoimh-thaisbean, targair, dean fiosachd, thoir sanas

Presageful, *adj.* Targrach, manadhail, fiosachail, sanasach.

Presager, *s.* Fear-targraidh, fiosaiche, fear-ṙoimh-innsidh.

Presbyter, *s.* Cléireach, fear cléire, ministeir, pears-eaglais.

Presbyterial, } *adj.* Cléireach, cléireachail.
Presbyterian, }

Presbyterian, *s.* See Presbyter.

Presbytery, *s.* Cléir.

Prescience, *s.* Ṙoimh-eòlas, ṙoimh-fhiosrachd, ṙoimh-aithne.

Prescient, } *adj.* Ṙoimh-fhiosrach, ṙoimh-eòlach,
Prescious, } fàisneachail.

Prescribe, *v. a.* et *n.* Òrduich, àithn, seòl, thoir seòladh do, cuir ṙoimh.

Prescriber, *s.* Fear-òrduchaidh, fear-àithnidh, fear-seòlaidh.

Prescript, *adj.* Òrduichte, àithnichte, seòlta.

Prescript, } *s.* Seòladh, òrdugh, riaghailt, riagh-
Prescription, } ailt léigh.

Presence, *s.* 1. State of being present: làthaireachd, làthair. 2. approach face to face to a great personage: dàil, còir, làthair. 3. a number assembled before a great person: làthair, sealladh. 4. mien, demeanour: dreach, tuar, aogas, dealbh, cruth. 5. room in which a prince shews himself: seòmar làthaireachd. 6. quickness at expedients: ealamhachd, teòmachd, tapachd.

Presensation, } *s.* Ṙoimh-fhaireachadh, ṙoimh-
Presension, } fhiosrachd, ṙoimh-bheachd.

Present, *adj.* 1. Not absent, at hand: a làthair, dlùth, làthaireach, aig làmh. 2. not future: 's an àm, 's a' cheart àm. 3. quick in emergencies: ealamh, aig làmh. 4. favourably attentive, propitious: dlùth do, fàbharach, caoimhneil, taiceil 5. unforgotten, not neglectful: cuimhneach, an cuimhne. 6. not absent of mind, attentive: faicilleach, cùramach, furachail. 7. now under consideration: a làthair, 's a' bheachd, fuidh bheachd.

Present, *s.* Tiodhlac, tiodhlacadh, gift, àraig.

Present, *v. a.* 1. In the presence of a superior: thoir an làthair, cuir 's an làthair. 2. to view, or notice: nochd, taisbean, seall. 3. offer, exhibit: feuch, tairg, seall. 4. give formally and ceremoniously: tairg, tabhair. 5. favour with gifts: tiodhlaic, thoir seachad, thoir do. 6. prefer to ecclesiastical benefits: builich air, thoir còir do. 7. offer openly: tairg. 8. lay before a court: nochd, taisbean, thoir 's an fhianuis.

Presentable, *adj.* So-bhuileachaidh, so-thaisbeanaidh, so-nochdaidh.

Presentation, *s.* Tairgsinn, buileachadh, tabhairt, taisbeanadh, nochdadh, cur 's an làthair.

Presentee, *s.* Neach a fhuair còir air beathachadh eaglais.

Presently, *adv.* 'S a' cheart àm, an ceart uair, air an uair, gu grad, gu luath.

Presentiment, *s.* Ṙoimh-bheachd, ṙoimh-bharail, ṙoimh-fhaireachadh.

Presentment, *s.* Tabhairt, taisbeanadh, nochdadh, sealladh.

Presentness, *s.* Ealamhachd, cliseachd, graide, teòmachd, tapachd.

Preservable, *adj.* So-ghleidhidh, so-choimheid, so-thasgaidh.

Preservation, *s.* Gleidheadh, coimhead, dìon, tasgaidh, saoradh, tèarnadh.

Preservative, *s.* Cungaidh ghleidhidh, leigheas, cungaidh-leighis.

Preserve, *v. a.* 1. Save, defend from destruction, or any evil: saor, teasairg, dìon, tèarn, glèidh. 2.

season fruits, or other vegetables, with sugar, or pickles: gréidh, dean suas le cungaidhibh.

Preserve, *s.* Meas gréidhte, meas gléidhte.

Preserver, *s.* Fear-teasairginn, fear-dìonaidh.

Preside, *v. n.* Riaghail, riaghailtich, bi air cheann.

Presidency, *s.* Riaghlaireachd, riaghladh, ceann-ardachd.

President, *s.* Fear-riaghlaidh, riaghlair, ceann-suidhe, fear ùghdarrais.

Presignification, *s.* Ṙoimh-sheadh, ṙoimh-sheadh-achadh, ṙoimh-chiallachadh.

Presignify, *v. a.* Ṙoimh-sheadhaich, ṙoimh-chiall-aich.

Press, *v. a.* et *n.* 1. Squeeze, crush: fàisg, bruth. 2. distress, crush with calamities: claoidh, sàruich. 3. constrain, compel: éignich, comh-éignich. 4. impose by constraint: cuir air, éignich air. 5. drive by violence: iomain, fògair. 6. with argument, or importunity: sparr, cuir impidh air. 8. compress, hug, as in embracing: fàisg. 9. act upon with weight: bruth. 10. with violence to any object: pùc, iarr air aghairt. 11. make invasion, encroach: thoir ionnsuidh. 12. urge with vehemence and importunity: cuir impidh air. 13. act upon, or influence: thoir air.

Press, *s.* 1. By which any thing is pressed or squeezed: bruthadair, inneal-bruthaidh, inneal fàsgaidh. A wine press: amar fìona. 2. with which books are printed: clòdh-chlàr. 3. crowd, tumult, throng: dòmhlachd, mùchadh. 4. violent tendency: déine, braise. 5. for clothes and other uses: sgeilp-lann. 6. a cheese press: fiodhan.

Presser, *s.* Fear-teannachaidh, fàisgeadair, bruthad-air.

Pressgang, *s.* Buidhean ghlacaidh.

Pression, *s.* Bruthadh, fàsgadh.

Pressman, *s.* 1. One who forces another into service: fear-glacaidh. 2. one who makes the impression of print by the press: fear-clòdh-bhual-aidh.

Pressmoney, *s.* Airgiod-glacaidh.

Pressure, *s.* Bruthadh, fàsgadh, teannachadh, éigin, ainneart, comharradh.

Prestiges, *s.* Cleasachd, dubh-chleasachd, meallt-aireachd.

Prestigiation, *s.* Cleasachd, dubh-chleasachd, mealladh.

Prestigious, *adj.* Cleasachail, dubh-chleasachail, cuilbheartach.

Presto, *adv.* Grad, gu grad, gu luath.

Presumable, *adj.* So-shaoilsinn, so-smuaineach-aidh.

Presume, *v. a.* 1. Believe previously: ṙoimh-chreid, ṙoimh-bheachdaich. 2. without immediate proof: abair gun dearbhadh, gabh gun dearbhadh, gabh mar fhìrinn. 3. without positive leave: gabh ort, gabh dànadas ort, gabh mar dhànadas ort. 4. form arrogant opinions: baralaich, faoin-smuain-ich. 5. make arrogant attempts: thoir ionnsuidh, ladarna, thoir dàn-ionnsuidh.

Presumer, *s.* 1. One that presupposes: fear ṙoimh-chreidsinn, fear ṙoimh-smuaineachaidh. 2. an arrogant, or presumptuous person: fear dàna, fear ladarna.

Presumption, *s.* 1. Previously formed: ṙoimh-bheachd, ṙoimh-bharail, ṙoimh-smuain. 2. upon any thing presupposed: faoin-bheachd, faoin-dhàn-adas. 3. an argument strong, but not demonstrative: aobhar cudthromach, coltas cudthromach. 4. arrogance, confidence: dànadas, an-dànadas, ladarnas, brath. 5. unreasonable confidence of divine favour: dall earbsa.

Presumptive, *adj.* 1. By previous supposition: ṙoimh-smuainichte, ṙoimh-bharalaichte. 2. supposed: a ṙéir barail, a ṙéir coslais, coslach, colt-ach. 3. arrogant: dàna, ladarna, an-dàna.

Presumptively, *adv.* See Presumptive.

Presumptuous, *adj.* 1. Arrogant, insolent: an-dàna, ladarna, dalma. 2. irreverent with respect to holy things: ain-diadhaidh, neo-urramach.

Presumptuously, *adv.* See Presumptuous.

Presumptuousness, *s.* An-dànachd, ladarnas, dalm-achd.

Presupposal, *s.* Ṙoimh-bheachd, ṙoimh-bharail.

Presuppose, *v. a.* Ṙoimh-bharalaich, ṙoimh-bheachd-aich.

Presupposition, *s.* Ṙoimh-bharail ṙoimh-bheachd.

Pretence, *s.* 1. A false argument: leisgeul, sgàth, faoin-sgeul. 2. act of shewing what is not real: feall-aithris, feall-iomradh. 3. assumption: cur an ìre, gabhail air féin. 4. claim, true or false: agartas.

Pretend, *v. a.* et *n.* 1. Hold out, stretch forward: sìn, sìn a mach. 2. make false appearances or representations: leig ort, gabh ort. 3. show hypocritically: meall, deann mealladh, gabh feall-choltas. 4. claim: agair, tagair. 5. put in a claim, truly or falsely: dean tagradh. 6. profess presumptuously: gabh ort gu dàna.

Pretender, *s.* 1. Who lays claim to any thing: tagrair, fear agairt còrach. 2. (in English history): righ Seumas an seachdamh, no, Prionns' Tèarlach.

Pretendingly, *adv.* Gu dàna, gu dalma, gu lad-arna.

Pretensions, *s.* 1. Claim, true or false: agartas, còir, samhladh còrach. 2. fictitious appearance: coslach, faoin-choltas.

Preterit, *adj.* Seach, a chaidh seachad, air dol seachad.

Pretermit, *v. a.* Rach thairis air, leig seachad, leig thairis.

Preternatural, *adj.* Mi-ṅàdurra, neo-àbhaiseach, os ceann nàduir.

Preternaturally, *adv.* See Preternatural.

Pretex, *v. a.* Còmhdaich, folaich, ceil.

Pretext, *s.* Còmhdach, folach, ceilt, leisgeul.

Pretor, *s.* Breitheamh Ròmhanach, ceannard baile mòir.

Prettily, *adv.* See Pretty.

Prettiness, *s.* Grinneas, breaghachd, bòidhchead, bòidhche.

Pretty, *adj.* Grinn, breagha, bòidheach, luireach, laoghach.

Pretty, *adv.* An eatorras. Pretty small: ear beag. Pretty great: ear mòr.

Prevail, *v. a.* Buadhaich, coisinn, faigh buaidh, faigh làmh an uachdar. Prevail *upon:* cuir impidh air.

Prevailing, *adj.* Comasach, éifeachdach, neartmhor, buadhach.

Prevalence, } *s.* Buaidh, buadhachd, cumhachd, Prevalency, } comas, éifeachd, neartmhorachd, treise.

Prevalent, *adj.* Buadhach, cumhachdach, comasach, éifeachdach, neartmhor.

Prevalently, *adv.* See Prevalent.

Prevaricate, *v. a.* et *n.* Truaill, mill, breugnaich.

Prevarication, *s.* Truailleadh, milleadh, breugnachadh.

Prevaricator, *s.* Fear-truaillidh, fear-breugnachaidh, breugair.

Prevene, *v. a.* Bac, grab, cum air ais, cuir stad air.

Prevenient, *adj.* 1. Going before: ṙoimh-shiubhlach, ṙoimh-imeachdail. 2. preventive: bacail, amlach, grabail.

Prevent, *v. a.* et *n.* 1. Go before as a guide, go before: ṙoimh-imich, seòl an rathad, thoir iùl do. 2. be before: ṙoimh-imich, ṙoimh-ghluais. 3. anticipate: ṙoimh-ghabh, ṙoimh-ghlac, gabh toiseach air. 4. preoccupy: ṙoimh-ghlac, ṙoimh-shealbhaich, ṙoimh-oidhirpich. 5. hinder, obstruct: bac, grab, amail, toirmisg. 6. come before the time: ṙoimh-thig, thig ṙoimh an àm.

Preventer, *s.* 1. One that goes before: ṙoimhruithfhear. 2. one that hinders, an hinderer, an obstructer: fear-bacaidh, fear-grabaidh, fear-amlaidh.

Prevention, *s.* 1. Act of going before: ṙoimhimeachd, ṙoimh-ruith. 2. preoccupation, anticipation: ṙoimh-ghabhail, ṙoimh-shealbh, ṙoimhghlacadh. 3. hindrance, obstruction, bacadh, grabadh, amladh.

Preventional, } *adj.* 1. Tending to hinder. bac-Preventive, } ail, grabail, amlach. 2. preservative, hindering ill: dìonadach, dìdeanach, teasairgeach.

Preventive, *s.* Leigheas-grabaidh, cungaidh phillidh, dìon.

Preventively, *adv.* See Preventive, *adj.*

Previous, *adj.* Air thoiseach, ṙoimh, air thùs, a' dol ṙoimhe.

Previously, *adv.* See Previous.

Previousness, *s.* Tùs, tùsachd.

Prewarn, *v. a.* See Premonish.

Prey, *s.* 1. Something to be devoured, something to be seized: creach, cobhartach. 2. ravage, depredation: spùinneadh, creachadh, reubainn, milleadh. 3. an animal of prey: ainmhidh fuileachdach.

Prey, *v. n.* 1. Feed by violence *on:* thig beò air, beathaich air. 2. plunder, rob, with *on:* spùinn, creach. 3. corrode, waste, with *on:* ith suas, cnàmh.

Preyer, *s.* Fear-spùinnidh, spùinneadair, creachadair.

Price, *s.* 1. Equivalent paid for any thing: luach. 2. value, estimation, supposed excellence: luach, spéis, urram. 3. rate at which a thing is sold: luach, pris. 4. reward, thing purchased by merit: duais, luach saothrach.

Price, *v. a.* 1. Pay for: dìol, ìoc, pàidh. 2. value, estimate: meas, cuir luach air.

Priceless, *adj.* Gun luach, os ceann luach.

Prick, *v. a.* et *n.* 1. With a small puncture: bior, stob, loit. 2. erect with an accuminated point: dean biorach, bior, bioraich. 3. fix by the point: sàth, sàth air a ṙoinn. 4. hang on a point: croch air roinn. 5. nominate by a puncture: comharraich, cuir comharradh air. 6. spur, incite: spor, stuig, brosnuich. 7. with remorse: gon, bior. 8. make acid: dean goirt, dean searbh. 9. dress one's self for show: grinnich, no sgeadaich thu féin. 10. gallop: thig gu grad, thig eas air, thig 'ṅ ad dheann. 11. aim at a point, mark, or place: cuimsich air, caog ṙi.

Prick, *s.* 1. By which a puncture is made: stob, bior. 2. in the mind: dealg, gonadh, agartas coguis. 3. at which archers aim: cuspair, ball amais, comharradh. 4. a point, a mark: comharradh, ball. 5. a puncture: bioradh, brodadh. 6. the print of a hare in the ground: lorg maighеich.

Pricket, *s.* Damh féidh dà-bhliadhnach.

Pricking, *s.* Bioradh, gonadh.

Prickle, *s.* Bior, dealg, calg, colg.

Prickliness, *s.* Dealgachd, colgachd.

Prickly, *adj.* Biorach, guineach, calgach, dealgach.

Pride, *s.* 1. Inordinate self esteem: àrdan, uabhar, uaill, stràic, pròis, moit, uaibhreachas. 2. insolence: uabhar, smachd, smachdalachd, mòr-chuis. 3. dignity of manner: mòr-chuis, àrdan, uaill. 4. generous elation of heart: spiorad, àrd-aigneadh, àrd-inntinn. 5. elevation, dignity: àirde, mòrachd. 6. ornament, decoration: grinneas, sgeadachadh, uidheam. 7. splendour, ostentation: greadhnachas, spagluinn, ràiteachas, mòr-chuis.

Pride, *v. a.* Dean moiteil, dean uaill á, àrdaich thu féin.

Prier, *s.* Fear dian sgrùdaidh, fear beadaidh.

Priest, *s.* Sagart.

Priestcraft, *s.* Cuilbheart shagartais, cléir-chuilbheart.

Priestess, *s.* Ban-shagart.

Quiver, *s.* Comh-bholg, bolg-shaighead, dòrlach.

Quiver, *v. n.* Crith, crath, criothnaich.

Quivered, *adj.* Uidheamaichte le bolg-shaighead, le comh-bholg.

Quob, *v. n.* Plosg, gluais le plosgadh.

Quoit, *s.* Peilisteir, leac chluiche.

Quoit, *v. a.* Tilg peilisteir.

Quondam, *adv.* Roimhe so, a bhà.

Quorum, *s.* Àireamh laghail bhreitheamh.

Quota, *s.* Cuid, cuibhrionn, earrann, roinn.

Quotation, *s.* 1. Share: cuid, roinn, earrann, cuibhrionn. 2. citation: iasad bhriathran, gabhail iasad bhriathran. 3. passage of an author: iasad bhriathran, briathran ùghdair eile.

Quote, *v. a.* 1. Cite an author: ainmich briathran ùghdair, ainmich ùghdair, cuir fianuis air ùghdair. 2. note: cuir a sìos.

Quoter, *s.* Fear-aithris briathran fir eile.

Quoth, *v. def.* Ars' esan, arsa mise, ars' iadsan.

Quotidian, *adj.* Lathail, gach latha.

Quotidian, *s.* Fiabhrus lathail.

Quotient, *s.* Fuigheall, cor, na dh' fhàgadh.

RAB RAC

Rabbet, *s.* Alt gròbaidh.

Rabbi, Rabbin, *s.* Rabbi, maighstir, ollamh Iudhach.

Rabbinical, *adj.* Ollamhanta, Iùdhach.

Rabbinist, *s.* Fear leanmhuinn beul-aithris nan Rabbi.

Rabbit, *s.* Coinean, coinein.

Rabble, *s.* Gràisg, pràbar, gasraidh, fuigheall-margaidh, corra-margaidh.

Rabid, *s.* Fiadhaich, garg, borb, allmharra.

Race, *s.* 1. A family ascending: sinnsear. 2. descending: gineal, ginealach, sliochd, sìol. 3. generation: àl, teaghlach. 4. a particular breed: seòrsa, dream. 5. a particular strength or taste of wine: seòrsa, gnè. 6. in running: coimhliong, réis, comh-ruith. 7. progress: imeachd, cùrsa. 8. train, process: dol air aghart, cùrsa.

Race, *v. n.* Ruith réis, ruith coimhliong.

Racehorse, *s.* Each réise, steud luath, steud choimh-ruith.

Racer, *s.* Fear coimh-ruith, fear réis.

Raciness, *s.* Làidireachd, gairgead.

Rack, *s.* 1. To torture: ràcuis, inneal pianaidh, inneal cràidh. 2. torture, extreme pain: dòruinn, cràdh. 3. exaction: cìs, càin. 4. any instrument of extension: inneal sìnidh. 5. distaff: cuigeal. 6. in the air: neòil eutrom. 7. *a hay* rack: prasach. 8. a neck of mutton: amhach muilt. 9. a grate: creithceal-theine.

Rack, *v. a.* et *n.* 1. Torment by the rack: cràidh le inneal pianaidh. 2. torment, harass: cràidh, piàn, sàruich, claoidh. 3. by exaction: sàruich, claoidh. 4. force to performance: thoir air a dh' aindeoin. 5. stretch, extend: sìn, tarruing. 6. draw off from the lees: glan, sìolaidh.

Racker, *s.* Fear-cràidh, fear-pianaidh.

Racket, *s.* 1. An irregular noise: gleadhraich, straoighlich. 2. a confused talk: collaid, goileam, glafar. 3. the instrument at tennis: slachdan buill.

Racket, *v. a.* et *n.* 1. Cuff, toss: tilg suas. 2. frolick: imich mu 'n cuairt air son aighir.

Rackety, *adj.* Glaganach, collaideach.

Racking, *s.* 1. Torture on a rack: cràdh innil pianaidh. 2. of mind: pian, cràdh, iomchoire, fàsgadh inntinn. 3. stretching of cloth on a rack: sìneadh, tarruing. 4. act of drawing off liquors from the lees: sìoladh. 5. racking *pace*: fàlaireachd.

Rack-rent, *s.* Màl-sàruchaidh, àrd-mhàl.

Racy, *adj.* Làidir, deadh-bholtrach.

Radiance, *s.* Dealrach, deàrsadh, lainnir, boillsg.

Radiant, *adj.* Dealrach, crith-dhèalrach, deàrsach, boillsgeach, loinnreach.

Radiantly, *adv.* See Radiant.

Radiate, *v. a.* et *n.* 1. Fill with brightness: soillsich, dealraich. 2. emit rays: deàrsaich, deàrrs, boillsg.

Radiated, *adj.* Soillseach, dealrach, deàrsach, boillsgeach.

Radiation, *s.* Dealradh, dearsadh, lainnir, boillsgeadh.

Radical, *adj.* Nàdurra, freumhail, bunabhasach.

Radically, *adv.* See Radical.

Radicate, *v. a.* Freumhaich, bunaich, suidhich.

Radish, *s.* Meacan ruadh.

Radius, *s.* Leth croisline, gath-riaghailt.

Radix, *s.* Bun, freumh.

Raff, *v. a.* Sguab, cuir cruinn, trus an cabhaig.

Raff, *s.* 1. A jumble: dùn, dùn fuighlich. 2. a low fellow: gàrlach, trusdar, aon de 'n ghràisg.

Raffle, *s.* Croinn-chluiche.

Raffle, *v. n.* Dean croinn-chluiche, tilg fir-fheòirn' air geall.

Raft, *s.* Ràth, fleòdruinn, snàmhachan.

Rafter, *s.* Taobhan, cabar, ceann-fhiodh.

Raftered, *adj.* Taobhanach.

Rag, *s.* 1. A piece of cloth: cearb, luideag, broineag, bàrlag. 2. worn out clothes: broineag, bàrlag. 3. a fragment of dress: cearb, luideag. 4. a vulgar person: bàrlag, broineag.

Ragamuffin, *s.* Crochair, ragair, sgonn-bhalach.

Rage, *s.* 1. Violent anger: fearg, corruich, fraoch, bàinidh, conbhadh, ainsgein, boile, cuthach. 2. exacerbation of any thing painful: teas, buaireas, braise. 3. enthusiasm: teas, braise. 4. eagerness, vehemence of mind: braise, dian-thogradh, déineas, déine.

Rage, *v. n.* 1. Be in fury: bi buaireasach, bi feargach, bi air boile. 2. ravage: bi air u' chuthach, bi fuidh bhuaireas.

Rageful, *adj.* Feargach, dian, bras, air bàinidh.

Ragged, *adj.* 1. Rent into tatters: luideagach, bàrlagach, sracta, stròicte. 2. of parts almost disunited: bristeach, beàrnach, neo-chòmhnard. 3. in tatters: luideagach, bàrlagach, broineagach, luiristeach. 4. rugged: garbh, neo-chòmhnard. 5. to the ear: garbh, neo-bhinn.

Raggedness, *s.* 1. State of being dressed in tatters: dreach bàrlagach, coltas broineagach. 2. as of rocks: gairbhead, neo-chòmbnairdeachd.

Raging, *s.* Buaireas, fearg, boile.

Raging, *adj.* Buaireasach, feargach, air boile.

Ragingly, *adv.* See Raging, *adj.*

Ragman, *s.* Ceannaiche bhàrlagan, ceannuiche luideagan.

Ragout, *s.* Feoil mhèith ròiste.

Ragstone, *s.* 1. A brittle stone: clach bhrisg, clach ghrod. 2. for smoothing the edge of a tool: clach-fhaobhair, clach-gheurachaidh.

Ragwort, *s.* Buaghallan.

Rail, *s.* 1. A cross beam: spàrr, maide tarsuinn, ganail. 2. a series of posts connected with beams: ganail, callaid, iadh-lann, caoil is casain. 3. a kind of bird: trèan-ri-trèan.

Rail, *v. a.* et *n.* 1. Enclose: iomdhruid, cuir ganail mu, cuir callaid mu. 2. range: tarruing an sreath. 3. use insolent language: troid, thoir glambruinn, sgraills, thoir ana-cainnt do. 4. flow: sruth, sil.

Railer, *s.* Fear-anacainnt, fear-càinidh, fear-troid.

Railing, *s.* I. Insolent language: anacainnt, sglamhruinn, trod, càineadh. 2. enclosing a place: ganail, callaid, fàl, iadh-lann.

Railingly, *adv.* Gu sgeigeil, gu magail.

Raillery, *s.* Anacainnt, sglàmhrainn, trod, càineadh.

Raiment, *s.* Aodach, éideadh, carradh, sgeadachadh, culaidh.

Rain, *v. a.* et *n.* 1. Pour down as rain: sil, fras, taom, uisgich, dòirt. 2. fall in drops: sil, fras, dean uisge. 3. fall as rain: dòirt, sil, braon.

Rain, *s.* 1. From the clouds: uisge, fearthuinn, sileadh nan speur. 2. any shower: fras, sileadh.

Rainbow, *s.* Bogha-frois, bogha-uisge.

Raindeer, *s.* Fiadh nan rìoghachdan fuara.

Rain-water, *s.* Uisge nan speur.

Rainy, *adj.* Frasach, fliuch, uisgidh, silteach, fearthuinneach.

Raise, *v. a.* 1. Lift, heave: tog. 2. lift upright: tog, cuir 'n a sheasamh. 3. erect: tog, tog suas. 4. exalt: àrduich, àrdaich, tog gu inbhe. 5. am-

plify: meudaich, dean ñi 's mò. 6. elevate, exalt: àrdaich, tog suas. 7. excite: brosnuich, mosguil, bruidich. 8. bring into being: cruthaich, dèan. 9. bring from death: tog, éirich, thoir beò. 10. utter loudly: tog suas. 11. collect: trus, cuir cruinn, cruinnich. 12. a siege: leig seachad an t-séisd.

Raiser, *s.* Fear-togalach, fear-togail.

Raisin, *s.* Bagaide tioram fhìon-dhearc, fion-dhearcan caoinichte.

Rake, *s.* 1. An instrument with which the ground is divided: ràcan, ràsdal, cliath-làimhe. 2. a disorderly fellow: drùisear, fear neo-gheamnuidh, seòmradair.

Rake, *v. a.* et *n.* 1. Gather with a rake: ràc, ràsdail, cruinnich. 2. clear with a rake: ràc, ràsdail, sgrìob. 3. draw together: trus, cruinnich, tionail. 4. search with eagerness: rannsaich, sgrùd. 5. pass swiftly: ruith. 6. search, grope: rannsaich, snàig. 7. pass with violence: ruith gu bras. 8. play the part of a rake: bi druthaidheachd.

Raker, *s.* Fear-ràcaidh.

Rakish, *adj.* Ana-measarra, amasguidh, drabasta, neo-ghlan.

Rally, *v. a.* et *n.* 1. Put disordered forces into order: ath-chruinnich, ath-bhrosnuich, tionail. 2. treat with satirical merriment: fochaidich, geàrr, beum. 3. come together in a hurry: trus, tionail, dean ath-chruinneachadh. 4. exercise satirical merriment: bi 'g àbhachd, dean fala-dhà.

Rally, *s.* 1. Act of putting disordered forces into order: ath-chruinneachadh, ath-thional. 2. exercise of satirical merriment: fala-dhà, bearradaireachd.

Ram, *s.* 1. A male sheep: reithe, rùta. 2. the vernal sign: reul an reithe 's a' ghréin-chrios. 3. an instrument to batter walls: fairche cogaidh, reithe-cogaidh.

Ram, *v. a.* Spàrr, stailc, pùc.

Ramage, *adj.* Fiadhaich, fiadhta.

Ramble, *v. n.* Rach air chuairt, seabhaid, falbh air iomrall.

Ramble, *s.* Iomrall, seabhaid, falbhan, buathadh, cuairt aighir.

Rambler, *s.* Fear-iomraill, fear-seabhaid.

Rambling, *s.* See Ramble.

Ramification, *s.* 1. The act of branching out: craobh-sgaoileadh, meurachadh, ioma-sgaoileadh. 2. small branches: caol mheòir.

Ramify, *v. a.* et *n.* 1. Into branches: craobh-sgaoil, ioma-sgaoil, ath-roinn. 2. be parted into branches: bi craobh-sgaoilte, bi ath-roinnte.

Rammer, *s.* 1. An instrument to drive hard: fairche. 2. of a gun: slat gunna.

Rammish, *adj.* Reitheach.

Ramous, *adj.* Cròcach, cabrach, meurach.

Ramp, *v. n.* 1. Leap with violence, rage: leum, leum le boile corruich. 2. sport, play: cluich, leum, gearr sùrdag,

Ramp, *s.* Leum, sùrdag.

Rampancy, *s.* Pailteas, lìonmhorachd.

Rampant, *adj.* 1. Exuberant, overgrowing restraint: a' cur thairis, ro làn. 2. (in heraldry): 'n a sheasamh.

Rampart, *s.* Dìon-bhalla, balla-dìona, balla-daingneachd.

Rampart, *v. a.* Cuir balla-dìon uime, tog balla-daingneachd.

Ranch, *v. a.* Siach.

Rancid, *adj.* Breun, air lothadh, trom.

Rancidness, Rancidity, } *s.* Bréine, blas sean, trom.

Rancorous, *adj.* Droch-rùnach, mi-rùnach, gamhlasach, fuathach, nàimhdeil, dioghaltach.

Rancorously, *adv.* See Rancorous.

Rancour, *s.* 1. Inveterate malignity: droch-rùn, falachd, mi-rùn, gamhlas, fuath, nàimhdeas. 2. virulence, corruption: truailleachd.

Random, *s.* Tuaircam, tubaist, tuiteamas.

Random, *adj.* Air thuaircam, tuiteamach.

Range, *v. a.* et *n.* 1. Place in ranks: eagaraich, cuir an sreathan. 2. rove over: siubhail thairis air, rach sios 's a suas, cuairtich. 3. separate the flour from the bran: criathair. 4. rove at large: imich a sìos 's a suas. 5. be placed in order: bi 'n sreath, bi eagaraichte. 6. lie in a particular direction: sìn.

Range, *s.* 1. A rank: sreath, srèad, òrdugh, breath. 2. a class, an order: òrdugh, dream, seòrsa. 3. excursion, wandering: iomrall, seabhaid. 4. room for excursion: àite réidh, àite farsuing. 5. compass taken in: astar, cuairt. 6. step of a ladder: ceum. 7. kitchen grate: creitheal-theine bidhchluain. 8. a bolting sieve: criathar.

Ranger, *s.* 1. One that ranges, a robber: spùinneadair, creachadair. 2. an officer: fòrsair.

Rank, *adj.* 1. High growing, luxuriant: làidir, reachdmhor, bras. 2. fruitful: torrach. 3. strong scented: trom, breun. 4. high tasted: làidir, geur. 5. rampant, high-grown: mòr, àrd. 6. gross, coarse: garbh, geinneach.

Rank, *adj.* Gu làidir, gu garg, gu fiadhaich.

Rank, *s.* 1. Of men: sreath, srèad. 2. a row: sreath, srèad, breath. 3. class: òrdugh, dream, seòrsa. 4. dignity: ceum, inbhe.

Rank, *v. a.* et *n.* 1. A breast: cuir an sreath, eagaraich, sreathaich.

Ranker, *s.* Fear-sreathachaidh.

Rankle, *v. n.* Stéinlich, eargnaich, iongraich, at.

Rankly, *adv.* See Rank, *adj.*

Rankness, *s.* 1. Of growth: meudachd, pailteas, anabharr fàis. 2. strong scent: bréine.

Ranny, *s.* Dallag.

Ransack, *v. a.* 1. Plunder: spùinn, spùill, creach. 2. search narrowly: sgrùd, rannsaich. 3. violate, deflower: truaill.

Ransom, *s.* Éiric, dìoladh, luach-saoraidh.

Ransom, *v. a.* Ceannaich, saor, fuasgail, pàidh éiric.

Ransomer, *s.* Fear-fuasglaidh, fear-saoraidh, fear-dìoladh éiric.

Ransomless, *adj.* Gun éiric, gun dìoladh.

Rant, *v. n.* Labhair àrd air bheag seadh.

Rant, *s.* Àrd-ghlòir, àrd-bhruidhean gun seadh, gleadhraich.

Ranter, *s.* Fear-àrd-ghlòireach, fear bith-bhriathrach.

Ranunculus, *s.* See Crowfoot.

Rap, *s.* Buille, sgailc, sgailleag, cnap, gleadhar, cnag.

Rap, *v. a.* et *n.* 1. Strike: buail, cnag, crag, thoir sgailc air, thoir sgailleag do. 2. utter with hasty violence: labhair gu dìan bras. 3. affect with rapture: cuir fuidh ioghnadh, lìon le mòr iongantas. 4. snatch away: spìol, tiolp. 5. seize: spìon. 4. exchange: malairtich.

Rapacious, *adj.* Gionach, ainneartach, spùinneach.

Rapaciously, *adv.* See Rapacious.

Rapaciousness, Rapacity, *s.* Spùinneadaireachd, foireigneachd, glamaireachd.

Rape, *s.* 1. Violent defloration of chastity: éigneachadh, éigin, toirt air éigin. 3. privation: spùinneadh, spùilleadh. 3. something snatched away: nì air a spìonadh, spùinneadh.

Rapid, *adj.* Luath, cas, dian, bras, siùbhlach, ealamh.

Rapidity, *s.* Déine, braise, luathas, ealamhachd.

Rapidly, *adv.* See Rapid.

Rapidness, *s.* See Rapidity.

Rapier, *s.* Cuinnsear, biodag.

Rapierfish, *s.* See Swordfish.

Rapine, *s.* 1. The act of plundering: spùinneadh, spùilleadh, creachadh. 2. violence, force: ainneart, fòirneart, éigin, éigneachadh.

Rapper, *s.* 1. One who strikes: buailtear, fearbualaidh. 2. of a door: glagan.

Rapt, *s.* 1. A trance: neul, paisean, platha. 2. rapidity: luathas, déine.

Rapture, *s.* 1. Violent seizure: greim air éigin, glacadh ainneartach. 2. ecstasy, transport: mòraoibhneas, subhachas. àrd-thoil-inntinn. 3. rapidity, haste: luathas, luath-shiubhlachd.

Raptured, *adj.* Aoibhneach, togta le aighear.

Rapturous, *adj.* Aoibhneach, subhach, ait.

Rare, *adj.* 1. Uncommon: ainm'nic, ainneamh, tearc, gann, annasach. 2. excellent: luachmhor, ainneamh, òirdheirc. 3. thinly scattered: tearc, gann, ainm'nic, tana. 4. not dense: tana. 5. raw: amh.

Rarefaction, *s.* Meudachadh, leudachadh, tanachadh.

Rarefy, *v. a.* et *n.* 1. Make thin: tanaich, sgaoil a mach, leudaich. 2. become thin: fàs tana.

Rarely, *adv.* See Rare.

Rareness, Rarity, *s.* 1. Uncommonness: ainneamhachd, tearcad. 2. value: luachmhorachd, ainneamhachd. 3. tenuity: taine, tainead. 4. distance: tearcad, tainead.

Rascal, *s.* Crochair, slaightear, fear-do-bheirt, loguid, triùcair.

Rascal, *adj.* Suarach, dìblidh.

Rascallion, *s.* Cù balaich, sgonn, fear de 'n ghràisg.

Rascality, *s.* Gràisg, pràbar, an cumanta.

Rascally, *adj.* Suarach, dìblidh, gràisgeil, gun fhiù.

Rase, *v. a.* See Erase.

Rase, *s.* 1. A cancel: sgrìob, sgrìobadh. 2. a slight wound: leòn beag.

Rash, *adj.* Dian, bras, obann, dàn, grad.

Rash, *s.* Broth, bristeadh a mach.

Rash, *v. a.* Geàrr, bloighdich, cuir 'n a mhìrean.

Rasher, *s.* Sliseag thana muic-fheoil.

Rashly, *adv.* See Rash, *adj.*

Rashness, *s.* Déine, déinead, braise, obannachd.

Rasp, *s.* 1. Raspberry: sùbhag, sùbh-phreas. 2. file: eighe.

Rasp, *v. a.* Sgrìob, no bleith le eighe.

Raspberry, *s.* Sùbhag, sùbh-chraobh.

Raspberry bush, *s.* Preas nan sùbhag.

Rasure, *s.* 1. The act of scraping or shaving: sgrìobadh, bearradh, lomadh. 2. in writing: sgrìobadh, dùbhadh a mach.

Rat, *s.* Radan. *Smell a rat:* cuir an-amharus.

Ratable, *adj.* Measta, air a mheas.

Ratably, *adv.* See Ratable.

Rate, *s.* 1. Price: prìs, luach, fiach. 2. allowance: cuibhrionn ghnàthaichte. 3. degree: seòrsa, gnè, inbhe. 4. quantity assignable: cunntas, àireamh. 5. manner: dòigh seòl. 6. tax: cìs, càin.

Rate, *v. a.* et *n.* 1. Value: meas, prìsich. 2. chide: troid, càin, cronaich. 3. make an estimate: cuir luach air, meas.

Rater, *s.* Fear-meas.

Rath, *s.* Monadh, sliabh, beinn.

Rath, *adj.* Tràthail, moch, mò 's luath.

Rather, *adv.* 1. More willingly, with better liking: b' fheàrr, bu roghnuiche. 2. in a greater degree: dòcha. 3. more properly: ni 's feàrr. 4. especially: gu h-àraidh.

Ratification, *s.* Daingneachadh, comh-dhaingneachadh.

Ratifier, *s.* Fear-daingneachaidh.

Ratify, *v. a.* Daingnich, comh-dhaingnich, socraich, suidhich.

Rating, *s.* Trod, sglambruinn, càineadh.

Ratio, *s.* Coimeas.

Ratiocination, *s.* Reusonachadh, deasboireachd, connsachadh.

Rational, *adj.* Reusanta, reusonta tuigseach, tùrail.

Rationality, *s.* Reusan, ciall, comas reusonachaidh.

Rationally, *adv.* See Rational.

Ratsbane, *s.* Fuath-radain.

Rattle, *v. a.* et *n.* 1. Move so as to make a rattle or noise: gean glagan, dean gleadhraich. 2. stun: bodhair. 3. scold: troid, càin. 4. jingle: dean torman, dean gliongarsaich. 5. speak eagerly and noisomely: dean goileam.

Rattle, *s.* 1. A quick noise: glagan, gleadhraich. 2. talk: goileam, gleadhraich, collaid. 3. an instrument: clach-bhalg, gleadhran. 4. a plant: gleadhran.

Rattleheaded, *adj.* Sgaogach, gaoitheanach, luaineach.

Rattlesnake, *s.* Nathair ghleadhraich.

Rattling, *s.* Torghan, gleadhraich, stairirich.

Ravage, *v. a.* Dith-làraich, fàsaich, creach, sgrios, spùinn.
Ravage, *s.* Dith-làrachadh, creach, sgrios, spùinneadh, fàsachadh.
Ravager, *s.* Dith-mhilltear, spùinneadair, fear-fàsachaidh.
Raucity, *s.* Tùchan, borbhan, torman.
Raucous, *adj.* Garbh, fròimhidh, tùchanach.
Rave, *v. n.* 1. Be delirious: breislich, bi air boile. 2. burst out into furious exclamations: glaodh mar fhear-cuthaich. 3. be unreasonably fond: bi rucasach, bi air bhuaireadh mu.
Ravel, *v. a.* et *n.* 1. Entangle: amail, rib, cuir air aimhreidh, cuir thar a chéile. 2. unweave: fuasgail, tuasgail, thoir as a chéile. 3. fall into perplexity: bi an ioma-chomhairle, bi 'n imcheist. 4. work in perplexity: bi 'n amladh.
Raven, *s.* Fitheach, bran, biadhtach, preachan-cnàimheach.
Raven, *v. a.* et *n.* 1. Obtain by violence, reave: srac, stròic dheth, faigh le ainneart. 2. devour: glam, glut. 3. prey with rapacity: bi cìocrach, reub gu fuileachdach.
Ravener, *s.* Creachadair, spùinneadair, fear-reubainn.
Ravening, *s* Reubann, spùinneadh.
Ravenous, *adj.* Fuileachdach, fuilteach, preachanach, cìocrach, gionach.
Ravenously, *adv.* See Ravenous.
Ravenousness, *s.* Fuileachd, glamaireachd, cìocras, ocras.
Ravin, *s.* 1. Prey, food gotten by violence: cobhartach, creach, fiadhach. 2. rapine, rapaciousness: spùinneadaireachd, glamaireachd.
Ravine, *s.* Tuil mhòr.
Raving, *s.* Éigheach mar ñeach air boile, langanaich, raoichdich.
Ravingly, *adv.* Air a' chuthach, gu fiadhaich.
Ravish, *v. a.* 1. Deflower: éignich, thoir air éigin, truaill a dh' aindeoin. 2. take away by violence: spiol, spìon. 3. transport, delight: éignich, lìon thar tomhas.
Ravisher, *s.* Fear-éigneachaidh, fear thoirt air éigin, fear-fòirneirt, fear-ainneirt.
Ravishing, *s.* Mòr-aoibhneas, àrd-aoibhneas, aiteas, aighear.
Ravishingly, *adv.* Gu mòr-aoibhneach, gu ro ait.
Ravishment, *s.* 1. Violation: éigneachadh, toirt a dh' aindeoin. 2. ecstasy: mòr-aoibhneas, aiteas, aighear.
Raw, *adj.* 1. Not subdued by the fire: amh, neo-bhruich. 2. not covered with the skin: dearg, rùisgte. 3. unripe: anabuich. 4. sore: goirt, cràidhteach. 5. unripe in skill: bog, neo-chleachdta, neo-theòma. 6. new: ùr. 7. bleak, chill: fuar, fionn-fhuar, amhaidh. 8. not spun or twisted: gun sniomh, gun toinneamh. 9. not adulterated: neo-mheasgta, neo-thruaillte. 10. bare of flesh: tana.
Rawbone, Rawboned, *adj.* Lom-chnàmhach, cnàmhach.
Rawly, *adv.* See Raw.
Rawness, *s.* 1. State of being raw: amhachd. 2. unskilfulness: neo-theòmachd, neo-ealamhachd, aineolas.
Ray, *s.* 1. Of light: gath, gath soluis, gath gréine. 2. any lustre: dealradh, dèarsadh.
Ray, *v. a.* 1. Shoot forth: tilg a mach gathan, dealraich, soillsich. 2. foul: salaich, truaill. 3. array: cuir an òrdugh.
Rayless, *adj.* Gun ghath soillse, dorch, gun aiteal soluis.
Raze, *v. a.* 1. Overthrow, ruin: tilg bun os ceann, dith-làraich, sgrios, lom-sgrios, fàsaich. 2. efface: dubh a mach, sgriob as. 3. extirpate: sgrios, cuir as do.
Razor, *s.* Bearrthag, caltuinn, bèarr-sgian.
Razorfish, *s.* Muir-sgian.
Razure, *s,* Dubhadh a mach.
Reach, *v. a.* et *n.* 1. With the hand: ruig. 2. arrive at: ruig, faigh. 3. strike from a distance: ruig, buail. 4. bring forward: sìn, ruig. 5. attain, get: faigh. 6. transfer: thoir seachad. 7. deceive: meall, thoir an car á. 8. be extended: ruig, sìn. 9. make efforts to attain: feuch ri, oidhirpich.
Reach, *s.* 1. Act of touching: ruigheachd, ruigsinn, beantuinn. 2. power of reaching: comas, ruigheachd. 3. power of attainment: comas, cumhachd faotainn. 4. power, limit of faculties: comas, cumhachd, neart. 5. contrivance: eòlas, tionnsgnadh, innleachd. 6. extent: farsuingeachd.
Reacher, *s.* Fear-ruigheachd.
React, *v. a.* Ath-bhuail, buail air ais.
Reaction, *s.* Ath-bhualadh, ath-philleadh.
Read, *s.* 1. Counsel: comhairle. 2. saying: ràdh.
Read, *v. a.* et *n.* 1. Peruse: leugh. 2. discover: leugh, ionnsuich. 3. by observation: ionnsuich, foghluim. 4. know fully: faigh a mach, tuig. 5. tell, declare: innis, cuir an céill.
Read, *adj.* Foghluimte, ionnsuichte.
Readable, *adj.* So-leughaidh.
Redder, *s.* Leughadair.
Readership, *s.* Leughadaireachd.
Readily, *adv.* Gu luath, gu grad, gu h-ealamh.
Readiness, *s.* 1. Promptitude: ealantachd, ullamhachd, luathailteachd. 2. the state of being ready or fit for any thing: ullamhachd, deiseachd. 3. facility: furasdachd. 4. state of being willing or prepared: ullamhachd, èasguidheachd, toil-inntinn.
Reading, *s.* Leughadh.
Ready, *adj.* 1. Prompt: deas, ullamh, deasaichte. 2. prepared: deas, deasaichte, ullamh. 3. eager: dian, bras, ealamh, grad, deònach. 4. at the point, near: teann air làimh, dlùth, fagus. 5. facile: furasd. 6. quick, not done with hesitation: èasgaidh, deònach. 7. expedite, nimble: clis, grad. make *ready:* dean deas, uidheamaich.
Ready, *adv.* Gu deas, gu h-ullamh.
Real, *adj.* Fior, fìrinneach, ceart, iomlan, dìreach.
Reality, *s.* Fìrinn, cinnteachd.
Realise, *v. a.* 1. Bring into being or act: thoir gu bith, thoir gu buil, cuir an gnìomh. 2. convert money into land: cuir am fearann.

Really, *adv.* See Real.
Realm, *s.* 1. A kingdom: rìoghachd, dùthaich. 2. kingly government: uachdaranachd riaghladh.
Realty, *s.* See Reality.
Reanimate, *v. a.* Ath-bheothaich, ath-nuadhaich.
Reap, *v. a.* 1. Cut corn: buain. 2. obtain: cruinnich, cnuasaich, tionail, trus, faigh.
Reaper, *s.* Buanaiche.
Reapinghook, *s.* Corran, sèarr.
Reapparel, *v. a.* Ath-sgeadaich.
Rear, *s.* Deireadh, ceann deiridh. Rear-guard: cùl-choimhead.
Rear, *adj.* Amh, leth-bhruich.
Rear, *v. a.* 1. Raise up: tog, tog an àird. 2. from a fall: tog, cuir air a chois. 3. move upwards: dìrich, rach an àirde. 4. bring to maturity: tog, àraich, àlaich. 5. educate: tog, ionnsuich, teagaisg. 6. exalt, elevate: àrdaich, tog an àird. 7. rouse, stir: caraich, mosguil, bruidich. 8. raise, breed: tog, àraich, eiridnich.
Rearward, *s.* 1. The last troop: deireadh, buidhcann dheireannach. 2. the end, the tail: deireadh, earball.
Reason, *s.* 1. The faculty: reusan, reuson, riasan, ciall, tuigse. 2. cause or principle: reusan, aobhar, fàth, cion-fàth, màthair aobhair. 3. efficient cause: màthair-aobhair, aobhar. 4. ratiocination: reusonachadh, breithneachadh. 5. clearness of faculties: tuigse, toinisg. 6. right, justice: còir, ceart.
Reason, *v. a.* et *n.* 1. Examine rationally: reusanaich. 2. persuade by argument: cuir impidh air. 3. argue rationally: reusonaich. 4. debate, discourse: tagair, connsaich, còmhdaich. 5. make disquisitions: cuir an céill le argumaidibh, bi reusonachadh.
Reasonable, *adj.* 1. Endued with reason: reusanta, reusonta. 2. acting or speaking rationally: reusanta, tùrail, tuigseach. 3. just, rational: ceart, reusonta. 4. not immoderate: reusonta, measarra, a' giùlain reusoin.
Reasonableness, *s.* 1. The faculty of reason: reuson. 2. agreeableness to reason: reusontachd, cothromachd. 3. moderation: measarrachd.
Reasonably, *adv.* See Reasonable.
Reasoner, *s.* Fear-reusonachaidh deasbair.
Reasoning, *s.* Reusonachadh, deasboireachd, argumaid.
Reasonless, *adj.* Mi-ṙeusonta, neo-ṙeusanta, gun reuson.
Rebel, *s.* Fear-ceannairce, fear àr a mach.
Rebel, *adj.* Ceannairceach.
Rebel, *v. n.* Ceannairceich, dean àr a mach, no, ceannairc, éirich an ceannairc, ath-chog.
Rebellion, *s.* Ceannairc, àr a mach, éiridh.
Rebellious, *adj.* Ceannairceach, eas-aontach, eas-ùmhal.
Rebelliously, *adv.* See Rebellious.
Rebelliousness, *s.* Ceannairc, eas-ùmhlachd.
Rebound, *v. a.* et *n.* 1. Reverberate: ath-bhuail, leum air t-ais. 2. spring back: leum air t-ais.
Rebound, *s.* Ath-bhualadh, ath-leum.
Rebuff, *s.* Ath-bhualadh.
Rebuff, *v. a.* Ath-bhuail, buail air ais.
Rebuild, *v. a.* Ath-thog.
Rebukable, *adj.* Airidh air achmhasan.
Rebuke, *v. a.* Achmhasanaich, cronaich, thoir achmhasan, troid ṙi.
Rebuke, *s.* Achmhasan, cronachadh, trod.
Rebuker, *s.* Achmhasanaiche, fear-cronachaidh.
Rebut, *v. a.* et *n.* 1. Beat back: cuir air ais, buail air ais. 2. retire back: ais-chéimnich. 3. return answer: freagair, labhair an aghaidh.
Rebutter, *s.* Freagairt air ais.
Recall, *v. a.* Gairm air ais.
Recant, *v. a.* et *n.* Tarruing air ais, rach as àicheadh.
Recantation, *s.* Tarruing air ais, àicheadh, aidmheil.
Recanter, *s.* Fear-tarruing 'fhocail air ais.
Recapitulate, *v. a.* Ath-chéimnich, thig a rìs thairis air.
Recapitulation, *s.* Aithris, ath-chéimneachadh.
Recede, *v. n.* 1. Fall back, retreat: ais-chéimnich teich. 2. desist: sguir, leig seachad.
Receipt, *s.* 1. The act of receiving: faotainn, gabhail. 2. the place of receiving: ionad gabhail, àite, faotainn. 3. reception: gabhail ṙi, gabhail a steach. 4. by which money is acknowledged: bann saoraidh. 5. welcome: gabhail ṙi, altachadh beatha, fàilte. 6. for ingredients: seòladh cungaidh léighis.
Receivable, *adj.* So-fhaotainn, a ghabhas faighinn.
Receive, *v. a.* 1. Take as due: gabh, gabh ṙi. 2. from another: gabh, faigh. 3. embrace intellectually: gabh ṙi, gabh a stigh. 4. allow: ceadaich. 5. admit: aidich, gabh ṙi. 6. conceive in the mind: tionnsgainn, cnuasaich. 7. entertain as a guest: gabh ṙi, altaich beatha do.
Receiver, *s.* Fear-gabhail, fear-faotainn.
Recency, *s.* Ùrachd, nuadhachd.
Recent, *adj.* 1. New: ùr, nuadh. 2. not antique: ùr, o cheann ghoirid. 3. fresh, not long dismissed: ùr.
Recently, *adv.* See Recent.
Recentness, *s.* Ùrachd, nuadhachd.
Receptacle, *s.* Aite gléidhidh, no gabhail, no cumail, tasgadh, gabhadan.
Reception, *s.* 1. The act of receiving: gabhail, faotainn. 2. the state of being received: gabhail, gabhail ṙi. 3. of any thing communicated: gabhail ṙi, aideachadh. 4. readmission: ath-ghabhail. 5. the act of containing: cumail, gabhail. 6. welcome: altachadh beatha, gabhail ṙi, furan. 7. opinion: barail choitchionn.
Recess, *s.* 1. Retirement: dol air ais, dol a thaobh dìomhaireachd, uaigneas. 2 departure: falbh. 3. place of retirement: àit uaigneachd, àite dìomhair. 4. remission of any procedure: anail, clos, tàmh. 5. removal: falbh air astar. 6. privacy: dìomhaireachd, uaigneas. 7. secret part: àite folaich, ionad dìomhair.
Recession, *s.* 1. Act of retreating: dol air ais,

teicheadh, pilltinn. 2. act of desisting: léigeadh seachad.
Recipe, *s.* Comhairle sgrìobhta léigh.
Recipient, *s.* Fear-gabhail, ionad-gabhail.
Reciprocal, *adj.* 1. Acting in vicissitude: mu seach. 2. mutual: malairteach, taobh air thaobh. 3. mutually interchangeable: comh-chiallach, a rèir a chéile.
Reciprocally, *adv.* See Reciprocal.
Reciprocate, *v. a.* et *n.* 1. Exchange, interchange: malairtich, thoir is gabh. 2. act interchangeably, alternate: dean mu seach.
Reciprocation, *s.* Malairt, comh-mhùthadh, tabhairt is gabhail.
Reciprocity, *s.* Comain' air gach taobh.
Recital, *s.* Aithris, aithris an dara innseadh, sgeula, sgeulachd.
Recitation, *s.* Aithris air teangaidh.
Recite, *v. a.* Aithris air teangaidh, abair thairis.
Reciter, *s.* Fear-aithris air teangaidh.
Reckless, *adj.* Neo-chùramach, neo-umhailleach, coma.
Recklessness, *s.* Mi-chùram, neo-shùim.
Reckon, *v. a.* et *n.* 1. Number: àireamh, cunnt, 2. esteem: meas, cuir urram air. 3. assign: àireamh, cunnt, meas. 4. compute: cunnt, àireamh a suas. 5. change to account: cunnt. 6. give an account: thoir cunntas seachad.
Reckoner, *s.* Cunntair, fear-àireimh.
Reckoning, *s.* 1. Computation: cunntas, cunntadh, àireamh. 2. of time: cunntas. 3. of debtor and creditor: cunntas. 4. charged by an host: lach. 5. account taken: cunntas. 6. esteem: meas.
Rfclaim, *v. a.* et *n.* 1. Reform: ath-leasaich, ath-ǹuadhaich, iompaich, dean ni 's feàrr. 2. cry out against: gairm air ais. 3. tame: callaich, ceannsaich, smachdaich. 4. recover: faigh air ais, faigh a rìs. 5. exclaim: glaodh a mach.
Reclaim, *s.* 1. Reformation: ath-leasachadh, ath-ǹuadhachadh, ath-ùrachadh, iompachadh. 2. recovery: faotainn air ais.
Reclaimant, *s.* Fear-àicheidh, fear-tagraidh an aghaidh.
Recline, *v. a.* et *n.* Luidh air leth-taobh, sìn, leig cudthrom, leig taic.
Recluse, *s.* Aonaranach, aonaran, maol-chiarain, dìthreabhach.
Recluse, *adj.* Aonarach, dìomhair, uaigneach, dùinte, air leth.
Reclusely, *adv.* See Recluse.
Recluseness, *s.* Aonarachd, dìomhaireachd, annarachd.
Recognisance, *s.* 1. Of a person or thing: aithneachadh, aideachadh. 2. badge, a bond of record: bann, dearbhadh cuimhneachain.
Recognize, *v. a.* Aithnich, aidich, fainich.
Recognition, *s.* Aithneachadh, aideachadh, cuimhneachadh, faithneachadh, ùrachaidh eòlais.
Recoil, *v. n.* 1. Rush back in consequence of resistance: leum air t-ais, clisg air t-ais. 2. fall back: aischéimnich. 3. fail, shrink: dìobair, fàilnich, crup.
Recoiling, *s.* Leum air ais, crupadh, teicheadh.
Recollect, *v. a.* 1. Recover to memory: cuimhnich, ath-chuimhnich. 2. recover reason or resolution: glac misneach. 3. gather what is scattered: ath-chruinnich, ath-thionail.
Recollection, *s.* Cuimhneachadh, ath-chuimhne.
Recombine, *v. a.* Dean ath-cheangal.
Recommence, *v. a.* Ath-thòisich.
Recommend, *v. a.* 1. Praise to another: mol, cliùthaich. 2. make acceptable: altaich beatha. 3. commit with prayers: earb, cuir air cùram.
Recommendable, *adj.* Ion-mholta.
Recommendation, *s.* 1. The act of recommending: moladh, cliùthachadh, tabhairt teisteanais. 2. that which secures to one a kind reception: cliù, teisteanas.
Recommendatory, *adj.* Cliùiteach, moltach, a' cliùthachadh, a' moladh.
Recommender, *s.* Fear-molaidh, fear-cliùthachaidh.
Recompense, *v. a.* 1. Repay, requite: ath-dhìol, dìol, cuidhtich, pàigh air ais, diong. 2. give in requital: ath-dhìol, thoir coimh-leasachadh, ioc. 3. redeem, pay for: ioc, dìol, thoir éiric.
Recompense, *s.* 1. Reward: duais, tuarasdal, luach-saoithreach, luigheachd. 2. equivalent, compensation: dìoladh, ath-dhìoladh, iocadh.
Reconcilable, *adj.* So-rèiteachaidh, réiteachail.
Reconcile, *v. a.* et *n.* Make to like again: ath-rèitich, réitich, dean réidh. 2. make any thing consistent: dean comh-chòrdach, thoir gu còrdadh. 3. restore to favour: dean réite, aisig gu deadh-ghean. 4. purify: ath-ghlan. 5. become reconciled: bi réidh rì.
Reconcilement, *s.* See Reconciliation.
Reconciler, *s.* Fear-réiteachaidh.
Reconciliation, *s.* 1. Renewal of friendship: réite, réiteach, còrdadh. 2. agreement of things seemingly opposite: còrdadh, réiteachadh. 3. atonement, expiation: éiric, dìoladh, sìth, réite.
Reconciliatory, *adj.* Réiteachail.
Recondite, *adj.* Ceilte, domhain, dìomhair, folaichte.
Reconnoitre, *v. a.* Beachdaich, gabh sealladh.
Record, *v. a.* et *n.* 1. Register any thing: sgrìobh, cuir sìos an leabhar cuimhne. 2. celebrate: àrdaich, cuir an céill le mòr-chliù. 3. call to mind: cuimhnich. 4. sing a tune: seinn.
Record, *s.* Leabhar-cuimhne, sgrìobhadh, eachdruidh, asgair, cuimhniche.
Recorder, *s.* 1. One whose business it is to register any events: eachdraiche, seanachaidh. 2. the keeper of the rolls: fear-gléidhidh leabhraichean-cuimhne, cuimhniche.
Recover, *v. a.* et *n.* 1. Restore from sickness or disorder: leighis, slànuich. 2. repair: ath-chàirich. 3. regain: coisinn a rìs, buannaich. 4. release: fuasgail, saor. 5. grow well from a disease, or any evil: fàs gu maith, fàs slàn.
Recoverable, *adj.* 1. Possible to be restored from sickness: so-leigheas, a ghabhas slànachadh. 2.

possible to be regained: so-bhuidhinn, so-chosnaidh.

Recovery, *s.* 1. Restoration from sickness: leigheas, fàs gu maith, dol am feabhas. 2. power or act of regaining: aiseag, faotainn air ais, buidhinn a rìs.

Recount, *v. a.* Innis, cuir an céill, aithris gu puncail.

Recountment, *s.* Innseadh, cur an céill.

Recourse, *s.* 1. Return, new attack: ath-philleadh. 2. return, recurrence: ath-phlileadh, aththeachd. 3. application for help or protection: iarraidh cobhair, asluchadh cuideachaidh.

Recreant, *adj.* 1. Cowardly: lag-chridheach, gealtach, meat, lag-lamhach, neo-smiorail. 2. apostate: fallsa, foilleil.

Recreate, *v. a.* et *n.* 1. Refresh after toil: ùraich, ath-ùraich. 2. delight: toilich, taitinn. 3. relieve, revive: ùraich, ath-bheothaich. 4. take recreation: gabh anail. 5. create anew: ath-chum, cruthaich as ùr.

Recreation, *s.* 1. Relief after toil: anail, lasachadh, faothachadh, caitheamh aimsire. 2. refreshment, amusement: toil-inntinn, caitheamh aimsire, culaidh, shùgraidh, falor dha, fearas-chuideachd.

Recreative, *adj.* Ùrail, sùgach, cridheil, sunntach.

Recrement, *s.* Dèasgann, druaip, grunnasg, dràbhag, smùir.

Recriminate, *v. n.* Càin air ais, bi 'g athais air ais, ath-chronaich.

Recrimination, *s.* Athais, ath-chàineadh.

Recriminator, *s.* Athaiseach, fear-càinidh air ais.

Recruit, *v. a.* et *n.* 1. Repair any thing wasted: leasaich, ath-ṅeartaich, ath-chàirich. 2. supply an army with new men: ath-ṅeartaich. 3. raise new soldiers: tog daoine, tog saighdearan.

Recruit, *s.* 1. Supply of any thing wasted: athṅeartachadh, leasachadh. 2. new soldiers: ùr shaighdearan, saighdearan òga.

Rectangle, *s.* Dealbh ceithir-cheàrnach, trì-cheàrnach chothromach.

Rectangular, *adj.* Ceithir-chearnach, ceithirbheannach, riaghailt-cheàrnach.

Rectangularly, *adv.* See Rectangular.

Rectifiable, *adj.* So-cheartachaidh, so-leasachaidh.

Rectification, *s.* Ceartachadh, cur ceart, leasachadh, cur air dòigh.

Rectifier, *s.* Fear-ceartachaidh, fear cuir air dòigh.

Rectify, *v. a.* 1. Make right, reform: ceartaich, cuir ceart, ath-leasaich, leasaich. 2. exalt and improve by repeated distillation: dean làidir.

Rectitude, *s.* 1. Straitness, not curvity: dìrichead. 2. uprightness: treibhdhireas, treibhdhireachd, ionracas. 2. right judgment: ceartas, treibhdhireas, fìreantachd.

Rector, *s.* 1. Ruler: riaghlair, uachdaran, reachdair. 2. of a parish: pears' eaglais Sasunnach, riaghlair easbuigeach.

Rectorship, *s.* Dreuchd riaghlair easbuigeach.

Rectory, *s.* Tigh riaghlair easbuigeach.

Rectress, Rectrix, *s.* Ban-rìghlair.

Recubation, *s.* Luidhe, leth-luidhe, sìneadh.

Recumbency, *s.* 1. The posture of lying or leaning: luidhe, leth-luidhe, sìneadh sìos. 2. rest, repose: fois, clos, tàmh.

Recumbent, *adj.* 1. Lying, leaning: a' luidhe, 'n a luidhe, sìnte. 2. reposing, inactive, listless: a' gabhail socair, 'n a thàmh.

Recuperation, *s.* Faotainn air ais.

Recur, *v. n.* 1. Come back: ath-chuimhnich, thigeadh 'n a d' aire, thoir fainear. 2. have recourse to: ath-phill, greimich, teich a dh' ionnsuidh.

Recurrence, *s.* Ath-philleadh, ath-thilleadh.

Recurrent, *adj.* Ag ath-philleadh, a' pilleadh o àm gu àm.

Recusant, *s.* Fear-diùltaidh comuinn ri.

Red, *adj.* Dearg.

Red, *s.* Dearg, dath dearg.

Redbreast, *s.* Brù-dhearg.

Redden, *v. a.* et *n.* Dearg, dean dearg, fàs dearg.

Reddish, *adj.* Dearg, air fiamh dearg.

Reddishness, *s.* Ruaidhe, fiamh dearg.

Reddle, *s.* Dearg-chriadh.

Redeem, *v. a.* 1. Ransom: saor, fuasgail, athcheannaich ioc éiric. 2. rescue, recover: saor, sàbhail, fuasgail. 3. recompense, make amends for: ath-dhìol.

Redeemable, *adj.* So-shaoraidh, so-fhuasglaidh, a ghabhas fuasgladh.

Redeemer, *s.* 1. A ransomer: fear-saoraidh, fearfuasglaidh. 2. the Saviour of the world: fearsaoraidh, slànuighear.

Redemption, *s.* Dìoladh éiric, fuasgladh, saoradh, saorsainn, sàbhaladh.

Red hot, *adj.* A' dearg lasadh, dearg-theth.

Redlead, *s.* Basg-luath.

Redly, *adv.* See Red.

Redness, *s.* Deirge, deirgead, ruaidhe.

Redolence, Redolency, *s.* Cùbhraidheachd, boltrach.

Redolent, *adj.* Cùbhraidh, deadh-bholtrach.

Redouble, *v. a.* et *n.* Aithris a rìs, comh-fhreagair, dùblaich, ath-dhùblaich, fàs dùbailte.

Redoubt, *s.* Balla-dìona.

Redoubtable, *adj.* Eagalach, fuathasach, ro làidir.

Redoubted, *adj.* Eagalach, uamhasach.

Redound, *v. n.* 1. Be sent back by reaction: athphill, ath-bhuail, buail air ais. 2. conduce in the consequence: cuir ri.

Redress, *v. a.* 1. Set right, amend: ath-chàirich, ath-leasaich, ceartaich. 2. relieve, remedy: fuasgail, cuidich, furtaich.

Redress, *s.* 1. Reformation: ath-leasachadh. 2. relief, remedy: cobhair, còmhnadh, fuasgladh, furtachd, dìoladh, leigheas. 3. one who gives relief: fear-cobhair, comhfhurtair.

Redresser, *s.* Fear-ath-dhìolaidh.

Redshank, *s.* Cam-ghlas.

Reduce, *v. a.* 1. To the former state: thoir air ais, ath-phill. 2. reform: ath-leasaich. 3. to a state of diminution: lughdaich, dean ni 's lugha. 4.

degrade: ìslich, thoir sìos, irioslaich. 5. into a state of misery: sàruich, claoidh, thoir a sìos. 6. subdue: cìosnaich, ceannsaich. 7. to order: thoir gu riaghailt, thoir gu òrdugh.

Reducer, *s.* Fear-ìsleachaidh, fear-ceannsachaidh.

Reducible, *adj.* So-lughdachaidh, so-ìsleachaidh, so-cheannsachaidh.

Reduction, *s.* Lughdachadh, ìsleachadh, cur an lughad.

Redundancy, *s.* Barrachd, anabarrachd, barrachdas, anabarr.

Redundant, *adj.* 1. Superabundant, exuberant: anabarrach, barrach, barrachdail. 2. using more words or images than are useful: iomarcach, làn-bhriathrach.

Redundantly, *adv.* See Redundant.

Reduplicate, *v. a.* Dùblaich, dùblaich a rìs.

Reduplication, *s.* Dùblachadh, dùbladh.

Reduplicative, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte.

Reed, *s.* 1. Which grows in wet grounds: cuilc. 2. a small pipe: pìob chuilce, feadan, ribhid. 3. an arrow: gàinne, saighead.

Reeded, Reeden, *adj.* Cuilceach, ribhideach.

Reedy, *adj.* Cuilceach, ribhideach.

Reef, *s.* 1. (Of a sail): teannachadh siùil, cur a stigh siùil, riof. 2. a chain of rocks: sreath chreagan, no, sgoirean.

Reek, *s.* 1. Smoke, vapour: deathach, deatach, smùid, ceò, toit. 2. a pile of corn or hay: curracag.

Reek, *v. n.* Cuir deatach dhiot, cuir smùid dhiot.

Reeky, *adj.* Deatachail, smùideach, toiteach, ceòthach.

Reel, *s.* Ruidhil.

Reel, *v. a.* et *n.* 1. Gather yarn off the spindle: tachrais, righil. 2. stagger: bi starra-chasail, bi seòganaich.

Reenforcement, *s.* Ath-neartachadh, leasachadh, còmhnadh ùr, foir-lìonadh.

Refectory, *s.* Seòmair bìdh.

Refer, *v. a.* et *n.* 1. Dismiss for information or judgment: cuir a dh' ionnsuidh. 2. betake it for decision: thoir gu breitheanas, leig gu 'fhocal, leig gu ràdh. 3. reduce to: thoir. 4. respect, have relation: buin do, buin. 5. appeal: leig a dh' ionnsuidh.

Referee, *s.* Breitheamh.

Reference, *s.* 1. Relation, respect: buintinn, taobh. 2. dismission to another tribunal: leigeadh gu breitheanas eile.

Refine, *v. a.* et *n.* Ath-ghlan, glan, sgùr.

Refined, *adj.* Glan, grinn.

Refinedly, *adv.* See Refined.

Refinement, *s.* Glanadh, ath-ghlanadh, sìoladh, grinneas, snas, min-ghrinneas.

Refiner, *s.* Glanadair, leaghadair, fear-grinneis.

Reflect, *v. a.* et *n.* 1. Throw back, cast back: tilg air ais, buail air ais, ath-bhuail. 2. throw back light: dealraich air ais, soillsich air ais. 3. bend back: crom, claon. 4. throw the thoughts back: smaoinich, ath-smaoinich, cnuasaich, dearc air ais, beachd-smaoinich, gabh sealladh cùil. 5. consider attentively: dearc, beachdaich. 6. throw reproach or censure: iom-choirich, cuir iom-choire.

Reflection, *s.* 1. The act of throwing back: tilgeadh air ais, ais-dhealradh. 2. the act of bending back: cromadh, claonadh. 3. thought thrown back upon the past: ath-bheachd, smuain, smuainteachadh, ath-smaoineachadh, cuimhneachadh. 4. the action of the mind upon itself: cnuasachd, smuaineachadh, toirt fainear, breithneachadh, geur-smuain. 5. attentive consideration: beachdachadh, dearcadh. 6. censure: iom-choire, cronachadh, buille.

Reflective, *adj.* 1. Throwing back images: ag ais-dhealradh, a' tilgeadh faileis. 2. considering things past: smuainteach, beachdail.

Reflector, *s.* 1. Consider: fear beachd-smaoineachaidh. 2. that which reflects, a reflecting telescope: gloine ais-dhealraidh.

Reflex, *adj.* Ath-bhuailteach, a' pilleadh air ais.

Reflexible, *adj.* So-philleadh air ais, ath-bhuailteach, so-lùbaidh.

Reflux, *s.* Tràghadh, traoghadh.

Reform, *v. a.* et *n.* 1. Form again: ath-chum. 2. change from worse to better: ath-leasaich, ath-chàirich, leasaich, càirich, ceartaich, ath-nuadhaich. 2. pass by, change from worse to better: bi air d' ath-leasachadh.

Reform, Reformation, *s.* 1. Act of forming anew; renovation: ath-chumadh, ath-nuadhachadh. 2. change from worse to better: ath-leasachadh, leasachadh. 3. the change of religion from popery to its primitive state: ath-leasachadh.

Reformer, *s.* Ath-leasaiche.

Refract, *v. a.* Bris gathan soluis.

Refraction, *s.* Briseadh ghathan soluis.

Refractoriness, *s.* Danarrachd, dearras, reasgachd, dùiread, rag-mhuinealachd.

Refractory, *adj.* Danarra, dearrasach, ceann-laidir, dùr, coirbte.

Refragable, *adj.* So-chur an aghaidh, so-bhreugnachaidh.

Refrain, *v. a.* et *n.* 1. Hold back: cum o, bac, pill air ais, grab, toirmisg. 2. forbear: caomhain, sguir dheth, coigil, leig seachad.

Refrangibility, *s.* Nàdur bristeach.

Refrangible, *adj.* So-bhristidh, a ghabhas bristeadh.

Refresh, *v. a.* 1. Recreate, relieve after pain: ùraich, ath-ùraich, beothaich, ath-bheothaich. 2. improve by new touches: ath-chàirich, ceartaich. 3. cool: ath-fhuaraich, fionnaraich.

Refresher, *s.* Fear-ath-bheothachaidh.

Refreshing, *s.* Ùrachadh, ath-ùrachadh, beothachadh, ath-bheothachadh.

Refreshment, *s.* 1. After pain, or fatigue: ùrachadh, ath-ùrachadh, beothachadh, ath-bheothachadh, tàmh, anail, fois, clos. 2. that which gives relief: biadh, lòn, ùrachadh.

Refrigerant, *adj.* Fuar, fionnfhuar.

Refrigerate, *v. a.* Fuaraich, ath-fhuaraich.

Refuge, *s.* 1. From any danger or distress: dìon,

dìdean, tèarmunn, daingneach. 2. expedient: seòl, dòigh, innleachd.

Refuge, *v. a.* et *n.* 1. Shelter, protect: dìon, teasairg, tèarn, dìdinn. 2. take refuge: gabh dìon, gabh tèarmunn, gabh fasgadh.

Refugee, *s.* Fògarach, fear air chàrn.

Refulgence, } *s.* Dealradh, deàrsadh, boillsgeadh,
Refulgency, } lunnaireachd.

Refulgent, *adj.* Dealrach, deàrsach, boillsgeach, loinnreach, soillseach.

Refund, *v. a.* 1. Pour back: dòirt air ais, taom air ais. 2. repay, restore: ath-dhìol, pàidh, aisig, dean suas.

Refusal, *s.* Àicheadh, diùltadh, euradh, obadh.

Refuse, *v. a.* et *n.* 1. Deny what is solicited or required: diùlt, àicheadh, eur, ob, eitich. 2. reject, dismiss without a grant: diùlt, cùlaich. 3. not comply, not accept: ob, diùlt.

Refuse, *s.* Fuigheall, fuighleach, spruilleach, deireadh, anabas.

Refuser, *s.* Fear-diùltaidh, fear-àicheidh.

Refutable, *adj.* So-bhreugnachaidh.

Refutation, *s.* Àicheadh, breugnachadh, dìteadh.

Refute, *v. a.* Cuir 'n a aghaidh, dean breugach, breugnaich, dìt, cuir 'n a thosd.

Regal, *adj.* Rìoghail.

Regale, *v. a.* Ath-bheothaich le cuirm, ùraich, athùraich, thoir cuirm, dean féisd.

Regalia, *s.* Suaicheantas rìoghail.

Regality, *s.* Rìoghalachd, mòralachd, uachdaranachd.

Regally, *adv.* See Regal.

Regard, *v. a.* 1. As worthy of notice: meas, cuir urram air, cuir meas air, gabh sùim do. 2. observe, remark: amhairc air, thoir fainear. 3. as an object of grief or terror: gabh sùim, gabh cùram, thoir feart. 4. observe religiously: gabh sùim, thoir fainear. 5. respect, have relation to: buin do.

Regard, *s.* 1. Attention as to a matter of importance: sùim, aire, cùram, seadh, toirt. 2. respect, reverence: aire, meas, urram. 3. note, eminence: inbhe, staid. 4. respect, account: taobh, brìgh. 5. look, aspect directed to another: sealladh, sùil. 6. love, esteem: spéis, déigh, gràdh.

Regarder, *s.* Fear-thoirt fainear.

Regardful, *adj.* Aireach, sùimeil, cùramach, faicilleach.

Regardfully, *adv.* See Regardful.

Regardless, *adj.* 1. Heedless, negligent: neochùramach, neo-aireach, neo-shuimeil, neo-fhaicilleach. 2. not regarded, slighted: neo-mheasail.

Regardlessness, *s.* Neo-shuimealachd, neo-thoirt.

Regency, *s.* 1. Authority, government: ùghdarras, uachdaranachd. 2. vicarious government: tàinisteachd. 3. the district governed by a vicegerent: fearann tàinisteachd. 4. those collectively, to whom vicarious regality is intrusted: luchdionaid rìgh, tàinistearan.

Regenerate, *v. a.* 1. Reproduce, produce anew: ath-nuadhaich, ath-ghin. 2. make to be born anew: ath-nuadhaich, ath-ghin.

Regenerate, *adj.* Ath-ghinte, ath-nuadhaichte.

Regeneration, *s.* Ath-ghineamhuinn, ath-ghintinn, ath-nuadhachadh, ath-bhreith, nuadh-bhreith.

Regent, *adj.* 1. Governing, ruling: a' riaghladh. 2. exercising vicarious authority: tàinsteach.

Regent, *s.* 1. Governor, ruler: uachdaran, riaghlair. 2. one invested with vicarious royalty: tàinistear, tànaiste.

Regentess, *s.* Ban-thànaiste.

Regentship, *s.* See Regency.

Regicide, *s.* 1. Murderer of his king: rìgh-mhortair, rìgh-mharbhaiche. 2. murder of his king: rìgh-mharbhadh, rìgh-mhortadh.

Regimen, *s.* Biadh iomchuidh, biadh a réir slàinte.

Regiment, *s.* Freiceadan, cath-bhuidheann.

Regimental, *adj.* Freiceadanach, a bhuineas do chath-bhuidheann.

Regimental, *s.* Aodach cath-bhuidhinn.

Region, *s.* 1. Of land: dùthaich, tìr, roinn, àirde. 2. of the body: ionad, ceàrn, cuid.

Register, *s.* 1. Of any thing regularly kept: leabhar-cuimhne, clar-sgrìobhaidh. 2. the officer to write or keep the register: seanachaidh, fearsgrìobhaidh leabhair-cuimhne.

Register, *v. a.* Sgrìobh an leabhar-cuimhne, cuir sìos an ainm-chlàr.

Registrar, *s.* Fear leabhair-cuimhne, sgrìobhair leabhair-cuimhne.

Registry, *s.* 1. The act of inserting in the registry: sgrìobhadh an leabhar-cuimhne. 2. the place where the register is kept: tigh-leabhraicheancuimhne. 3. a series of facts recorded: eachdraidh.

Regnant, *adj.* 1. Reigning, having regal authority: a' riaghladh, ceannsachail. 2. predominant: barrachdail.

Regress, *s.* Dol air ais, pilleadh.

Regression, *s.* Ath-philleadh, pilleadh, dol air ais.

Regret, *s.* 1. Vexation at something past: duilichinn, aithreachas. 2. grief, sorrow: doilgheas, bròn, mulad, tuirse.

Regret, *v. a.* Gabh duilichinn, bi doilgheasach, gabh aithreachas.

Regretful, *adj.* Duilich, doilgheasach, aithreach.

Regretfully, *adv.* See Regretful.

Reguerdon, *s.* Duais, tuarasdal.

Regular, *adj.* 1. Agreeable to rule: riaghailteach, a réir riaghailt. 2. governed by strict regulation: riaghailteach. 3. instituted or initiated according to established forms or discipline: a réir riaghailt, a réir lagha, suidhichte. 4. methodical: dòigheil, rianail, riaghailteach, puncail. 5. regular troops: feachd ionnsuichte.

Regularity, *s.* 1. Agreeableness to rule: riaghailteachd. 2. method, certain order: riaghailt, dòigh, seòl, lathailt.

Regularly, *adv.* See Regular.

Regulate, *v. a.* 1. Adjust by rule or method: riaghailtich, riaghail, eagaraich. 2. direct: seòl, stiùir, treòraich, steòrn, cuir air dòigh.

Regulation, *s.* Riaghailteachadh, riaghailt, òrdugh, seòladh.

Regulator, *s.* 1. One that regulates: riaghladair, fear-riaghailteachaidh, fear-scòlaidh. 2. of a machine: crann riaghailtiche.

Regurgitate, *v. a.* et *n.* 1. Throw back, pour back: dòirt air ais, taom air ais, sluig a rìs. 2. be poured back: bi air do dhòrtadh air ais, bi air do shlugadh a rìs.

Regurgitation, *s.* Slugadh air ais, dòrtadh air ais.

Rehear, *v. a.* Éisd, a rìs, thoir aith-éisdeachd do.

Rehearsal, *s.* 1. Repetition, recital: aithris, aithris an dara h-uair, aisneis, cur an céill a rìs. 2. the recital of any thing previous to public exhibition: meòrachadh, dol thairis air ni, roimh ràdh, aithris dearbhaidh.

Rehearse, *v. a.* 1. Repeat, recite: abair a rìs, aithris a rìs, dean aisneis. 2. relate, tell: cuir an céill. 3. recite previously to public exhibition: dean aithris dearbhaidh.

Rehearser, *s.* Fear-aithris, fear-aisneis.

Reject, *v. a.* 1. Dismiss without compliance with proposal or offer: diùlt, cuir air falbh, cùlaich, ob. 2. cast off: diùlt, tilg dhiot, cuir uait. 3. refuse, accept not: diùlt, ob, seun.

Rejecter, *s.* Fear-diùltaidh, fear-cuir cùl ri.

Rejection, *s.* Diùltadh, obadh, seunadh.

Reign, *v. n.* Riaghail, rìoghaich, buadhaich.

Reign, *s.* 1. Royal authority, sovereignty: rìoghachadh, riaghladh, uachdaranachd. 2. time of a king's government: rìoghachadh, riaghladh. 3. kingdom, dominion: rìoghachd, uachdaranachd, cumhachd. 4. power, influence: uachdaranachd, cumhachd.

Reimburse, *v. a.* Ath-dhìol, dìol, pàidh air ais.

Reimbursement, *s.* Ath-dhìoladh, dìoladh, pàidheadh air ais.

Rein, *s.* 1. Of a bridle: arannach, iall sréine. 2. government: uachdaranachd, stiùradh, rian. 3. give the reins: leig air a shiùdan féin, leig air a chomhairle féin.

Rein, *v. a.* 1. Govern by a bridle: srian, cuir srian ri. 2. controul: srian, cuir srian ri, ceannsaich, cum a stigh.

Reinforce, *v. a.* Ath-neartaich, foir-lion.

Reinforcement, *s.* Ath-neartachadh, foir-lìonadh.

Reins, *s.* Àirnean.

Rejoice, *v. a.* et *n.* 1. Exhilarate, gladden: dean aoibhneach, dean subhach, dean ait. 2. be glad: bi aoibhneach, gàirdich, bi subhach, eiltich.

Rejoicing, *s.* Aoibhneas, aiteas, gàirdeachas.

Rejoicingly, *adv.* Gu subhach, gu h-aoibhneach, gu h-ait.

Rejoin, *v. a.* et *n.* 1. Join again: aon a rìs, dlùthaich a rìs. 2. meet one again: coinnich a rìs. 3. answer to an answer: coimh-fhreagair, coim-sheirm, ath-ghair.

Rejoinder, *s.* Freagairt air ais, freagairt, cas fhreagairt.

Reiterate, *v. a.* Aithris a rìs 's a rìs.

Reiteration, *s.* Aithris a rìs 's a rìs.

Relapse, *v. a.* 1. Slip back: ath-thuislich, tuislich, sleamhnaich. 2. fall back into vice or error: cùl-sleamhnaich. 3. fall back from a state of recovery to sickness: tuit an ath-thinneas.

Rigour, *s.* 1. Cold, stiffness: fuachd, raige. 2. a convulsive shuddering, with a sense of cold: crithfhuachd. 3. severity, sternness: cruas, raige, dearras. 4. severity of life: féin-àicheadh, peingilteachd. 5. strictness, unabated exactness: eagnaidheachd. 6. rage, cruelty: an-iochd, fearg. 7. hardness, not softness: cruas, daingneachd.

Rill, *s.* Allt, alltan, caochan, sruthan, coileachan.

Rill, *v. n.* Ruith mar chaochan.

Rim, *s.* Oir, iomal, bile, foir.

Rime, *s.* Liath-reodhadh, crith-reodhadh.

Rime, *v. n.* Reodh.

Rimple, *s.* Preas, filleadh.

Rimple, *v. a.* Preas, cas, pleat.

Rimpling, *s.* Siùdan, udal.

Rimy, *adj.* Ceòthar, neulach, dorch.

Rind, *s.* Cairt, rùsg, cochull, plaosg, bileag.

Rind, *v. a.* Rùisg, plaosg, thoir dheth bileag.

Ring, *s.* 1. A circle: fàinne, cuairt, cearcall. 2. of gold, or other matter, worn as ornament: fàinne, fail. 3. a circle of metal to be held by: fàinne, ailbheag. 4. a number of bells harmonically tuned: comh-sheirm chlag. 5. sound: gliong, fuaim.

Ring, *v. a.* et *n.* 1. Strike a sonorous body: thoir gliong air, seinn, buail, 2. encircle: cuairtich. 3. fit with rings: cuir fàinneachan air. 4. form a circle: dean cearcall mu. 5. sound: seinn, gliong. 6. sound: dean fuaim, bi fuaimnich.

Ringdove, *s.* Smùdan.

Ringer, *s.* Fear-seinn.

Ringing, *s.* Seinn, gliongadh.

Ringleader, *s.* Ceannard, fear-toisich, ceannard-gràisge, ceann-feadhna.

Ringlet, *s.* 1. A small ring: fàinneag, failbheag. 2. a circle: cuairteag, cuartag. 3. a curl: caime, lùb, amlag, camag, bachlag, dual, cuarsgag, fàinneag.

Ringstreaked, *adj.* Stiallach, riabhach, grìsfhionn.

Rinse, *v. a.* Glan, sgùr, sgol, nigh, sruthail.

Rinser, *s.* Fear-sgolaidh, glanadair, nigheadair, sgùradair.

Riot, *s.* 1. Wild and loose festivity: ruidhtearachd, ana-measarrachd, geòcaireachd. 2. a sedition, an uproar: buaireas, éiridh, aimhreit, sabaid.

Riot, *v. n.* 1. Revel: dean ruidhtearachd, bi geòcach. 2. raise a sedition or uproar: tog aimhreit, tog buaireas.

Rioter, *s.* 1. One who is dissipated in luxury: ruidhtear, geòcair, pòitear. 2. one who raises an uproar or sedition: fear-buaireis, fear-aimhreit.

Riotous, *adj.* 1. Luxurious, wanton: ruidhtearach, geòcach, ana-measarra. 2. seditious, turbulent: tuasaideach, aimhreiteach, buaireasach.

Riotously, *adv.* See Riotous.

Riotousness, *s.* Ana-measarrachd, ruidhtearachd.

Rip, *v. a.* 1. Tear, lacerate: srachd, stròic, geàrr suas, reub. 2. disclose, search out: fosgail, rannsaich, leig ris, foillsich.

Ripe, *adj.* 1. Brought to perfection in growth, mature: abuich. 2. complete, proper for use: abuich, coimhlionta. 3. finished, consummate: crìochnaichte, foirfe, iomlan, coimhlionta. 4. brought to the point of taking effect: abuich, deas, ullamh.

Ripe, *v. a.* et. *n.* See Ripen.

Ripely, *adv.* See Ripe, *adj.*

Ripen, *v. a.* et *n.* 1. Mature, make ripe: abuich, dean abuich. 2. grow ripe: abuich, fàs abuich.

Ripeness, *s.* 1. The state of being ripe: abuichead, abuicheachd. 2. full growth: làn fhàs, abuichead. 3. perfection, completion: foirfeachd, iomlanachd. 4. fitness: iomchuidheachd.

Ripper, *s.* Fear-reubaidh, fear-sracaidh.

Ripple, *v. n.* Crith.

Rippling, *s.* Luasgadh thonn.

Rise, *v. n.* 1. Change a jacent to an erect posture: éirich. 2. get up from bed: éirich, dùisg. 3. spring, grow up: éirich, dìrich. 4. gain elevation or rank or fortune: éirich, fàs mòr. 5. swell: at, bris a mach. 6. ascend: dìrich, éirich, 7. take beginning: éirich, tòisich. 8. change a station:

fàg. 9. make insurrections : dean ceannairc, ceannaircich, éirich, dean àr a mach.

Rise, *s.* 1. The act of rising : éiridh, éirigh. 2. ascent : éiridh dìreadh. 3. encrease in any respect : éiridh, fàs. 4. beginning, original : toiseach, tionnsgnadh.

Risen, *part.* Air éiridh.

Riser, *s.* Fear-éiridh.

Risibility, *s.* Fonn-gàire, gàireachdaich.

Risible, *adj.* 1. Having the faculty or power of laughing : gàireach. 2. ridiculous : ion-mhagaidh.

Rising, *s.* 1. Act of getting up : éiridh, éirigh. 2. a tumour : éiridh, bristeadh a mach. 3. tumult, insurrection : éiridh, ceannairc.

Risk, *s.* Cunnart, gàbhadh, baoghal.

Risk, *v. a.* Cuir an cunnart, cuir an gàbhadh.

Rite, *s.* Deas-ghnàth.

Ritual, *adj.* Deas-ghnàthach.

Ritualist, *s.* Fear-dheas-ghnàthan.

Ritually, *adv.* See Ritual.

Rival, *s.* 1. A competitor : fear-coimh-shréip, tnùthach. 2. a competitor in love : comh-shuiridheach.

Rival, *adj.* Comh-stritheach, eudmhor.

Rivalry, **Rivalship**, *s.* Coimh-shréip, comh-stri, comh-eud.

Rive, *v. a.* et *n.* 1. Split, cleave : sgàin, sgoilt, stròic, srachd, reub. 2. be split : sgàin, sgoilt, bi reubta.

Rivel, *v. a.* Preas, crup, cas.

Rivel, *s.* Preas, preasadh, caisreag.

Riven, *part.* Reubta, stròicte, srachdta.

River, *s.* Abhuinn, amhainn.

Riveret, *s.* Allt, alltan, caochan, sruthan.

Rivet, *s.* Tarrun boineadach, sparran, drithlean.

Rivet, *v. a.* 1. Fasten with rivets : spàrr, teannaich le drithlean. 2. fasten strongly : spàrr, teannaich, daingnich. 3. clench a rivet : cuir boineid air drithlean.

Rivulet, *s.* Allt, alltan, caochan, sruthan.

Roach, *s.* Ròisteach. As sound as a roach : cho slàn ri breac.

Road, *s.* 1. Large way, path : slighe, rathad, ròd, aisir. 2. where ships may anchor : caladh, acarsaid. 3. inroad, which see. 4. journey : turus, triall. 4. the high *road :* an rathad mòr.

Roam, *v. a.* et *n.* 1. Range, wander over : seabhaid, siubhail thairis air, rach sìos 's a suas, cuairtich. 2. ramble : bi seabhaideachd.

Roam, **Roaming**, *s.* Seabhaid, seabhaideachd, iomrall.

Roamer, *s.* Fear seabhaideach, fear iomrollach, fear-siubhail.

Roan, *s.* Grìs-fhionn, odhar, dubh-ghlas.

Roar, *v. n.* 1. Cry as a wild beast : raoic, bùir, beuc. 2. in distress : ràn, glaodh, sgairtich, beuc. 3. as the wind, or sea : ràn, beuc, gàir. 4. make a loud noise : dean àrd-fhuaim, dean gleadhraich.

Roar, *s.* 1. The cry of a wild beast : raoic, bùirean, beuc, langan, ulfhart. 2. of distress : ràn, glaodh, burral, sgread, sgairt. 3. of merriment : gleadhraich, collaid. 4. of the wind or sea : gàir, beuc. 5. any loud noise : gleadhraich, àrd-fhuaim.

Roarer, *s.* Bladhmair, blabhdair, beucaire.

Roaring, *s.* 1. Of a beast : raoic, bùraich, ulfhartaich, langanaich, bùirich. 2. of distress : rànail, burralaich, sgairtich. 3. of the wind or sea : gàirich, beucaich.

Roast, *v. a.* Ròist, foil.

Roast, *s.* 1. That which is roasted : ròsd, ròsdadh. 2. banter : tarruing á, fochaid. 3. rule the *roast :* smachdaich, riaghail.

Rob, *s.* Sùgh brìoghmhor.

Rob, *v. a.* Spùinn, spùill, creach, goid, slad.

Robber, *s.* Spùinneadair, fear-reubainn, mèirleach an-dàna.

Robbery, *s.* Spùinneadaireachd, slad, meirle, goid, foghail.

Robe, *s.* Cleòc, falluing, gùn.

Robe, *v. a.* Cleòchd, cuir gùn air, còmhdaich le falluing rìomhach.

Robin, **Robin-red-breast**, *s.* Brù-dhearg, pigidh.

Robust, **Robustious**, *adj.* 1. Strong, sinewy : làidir, calma, neartmhor, greimeil, comasach, garbh, fèitheach. 2. boisterous, violent : garbh, garg. 3. requiring strength : duilich, cruaidh, deacair.

Robustness, *s.* Neartmhorachd, làidireachd, spionnadh, lùthmhoireachd.

Rochet, *s.* Léine bhàn an t-sagairt.

Rock, *s.* 1. A vast mass of stone fixed in the earth : creag, carraig. 2. protection, defence : carraig, tèarmunn, dìdean. 3. a distaff : cuigeal.

Rock, *v. a.* et *n.* 1. Shake : fulaisg, tulg, siùd, luaisg, seòg. 2. the cradle : tulg, siùd. 3. lull, quiet : tulg, siùd, seòg, cuir a chodal. 4. be violently agitated : luaisg, bi air udail.

Rocking, *s.* Tulgadh, siùdadh, luasgadh, seògadh.

Rocket, *s.* Seòrs' obair-theine.

Rocky, *adj.* 1. Full of rocks : creagach, clachach, carraigeach. 2. resembling a rock : creagail. 3. hard, stony, obdurate : cruaidh, clachach.

Rod, *s.* 1. A long twig : slat. 2. a kind of sceptre : slat rìoghail. 3. an instrument for measuring : slat, slat-thomhais. 4. instrument of correction : slat, slàt-sgiùrsaidh.

Roe, *s.* 1. A species of deer yet found in the highlands of Scotland : earb, earba, earbag, ruadh, ruadhag, maoisleach. 2. the eggs of fish : iuchair.

Rogation, *s.* Asluchadh, athchuinge.

Rogation-week, *s.* Seachduin 'n a h-athchuinge.

Rogue, *s.* 1. A vagabond : bleidir, iarradair dàna. 2. a knave : slaightear, crochair, daoidhear, mèirleach, gaduiche, bradaidh, braidein, siacair. 3. a name of slight endearment : duine bochd. 4. a wag : fear àbhachdach, àmhuilteach.

Roguery, *s.* 1. The life of a vagabond : bleidireachd, triùcaireachd, 2. knavish trick : slaight, slaightireachd, cealgaireachd, mi-chleasan. 3. waggery : fochaid, àbhachd.

Roguish, *adj.* 1. Vagrant, vagabond : bleideil, iarratach. 2. knavish, fraudulent : cealgach, meallta, slaightearach, carach. 3. waggish : àbhachdach.

Roguishly, *adv.* See Roguish.

Roll, *v. a.* et *n.* 1. Move any thing by volutation : cuairsg, cuir mu chuairt, ròl. 2. move any thing round upon its axis : tionndaidh, cuir car mu char. 3. move in a circle : cuairtich, rach mu chuairt. 4. wrap round upon itself: cuairsg paisg, fill. 5. form by rolling : cuairsg, dean cruinn, ròl. 6. be moved : rach mu chuairt. 7. run on wheels : cuibhlich, falbh air chuibhlichean. 8. perform a periodical revolution : cuir cuairt air, cuairtich. 9. move as waves or volumes of water : bi tonn-luaisgte.

Roll, *s.* 1. The act of rolling : dol mu chuairt, cuartalan, cuairsgeadh, ròladh. 2. the thing rolling : ròladh, rolair, rol, rola. 3. mass made round : rol, rola, cuairsgean. 4. writing rolled upon itself: rol, rola. 5. a cylinder : rolair. 6. a catalogue : clàr-ainm.

Roller, *s.* 1. Any thing turning on its own axis : rolair, cuairsgean, còmhnardaiche. 2. bandage, fillet : stìom-cheangail.

Rollingpin, *s.* Maide fuinidh, crann-fuine.

Roman, *s.* 1. A native of Rome : Ròmanach. 2. one of the Christian church at Rome : Ròimheach. 3. a papist : pàpanach.

Roman, *adj.* 1. Relating to the people of Rome : Ròmanach. 2. popish : pàpanach.

Romance, *s.* Sgeulachd, uirsgeul, ròlaist, faoin-sgeul, braisgeul.

Romance, *v. n.* Dean ròlaist, innis faoin-sgeul.

Romanist, *s.* Pàpanach.

Romantic, *adj.* 1. Resembling the tales of romances : uirsgeulach, faion-sgeulach, ròlaisteach. 2. improbable, false : ròlaisteach, neo-fhìor, faoin-sgeulach. 3. fanciful, full of wild scenery : uamharr, uamhraidh, fiadhaich.

Romantically, *adv.* See Romantic.

Rome, *s.* Ròimh.

Romish, *adj.* See Roman, *adj.*

Romp, *s.* 1. A rude awkward untaught girl : caile, 2. rough, rude play : eachrais, garbh chluich, garbh chleasachd, roilleamas.

Romp, *v. n.* Dean garbh chleasachd, dean eachrais.

Rompish, *adj.* Teòma air eachrais, roilleamasach.

Ronion, *s.* Màileid, bean bheag reamhar.

Runt, *s.* Beathach reangach.

Rood, *s.* Ceathramh acrach, ceathramh cuid do dh' acair.

Roof, *s.* 1. The cover of a house : mullach, druim. 2. the house in general : tigh, teach, fàrdoch. 3. of the mouth : beul uachdair, càirein uachdair.

Roof, *v. a.* 1. Cover with a roof : cuir mullach air, cuir druim air. 2. inclose in a house : cuir fo chleith, cuir a steach.

Roofy, *adj.* Fuidh dhìon, fuidh dhìon tighe, air am bheil mullach.

Rook, *s.* 1. A bird : cnàimh-fhiach, ròcas. 2. a trickish, rapacious fellow : mealltair iomairtiche, fear gionach cealgach.

Rook, *v. a.* et *n.* Spùinn, spùill, creach, thoir an car á, meall.

Rookery, *s.* Ionad tathaich nan ròcas.

Room, *s.* 1. Space : àite, farsuingeachd, rùm. 2. way unobstructed : slighe réidh. 3. place of another, stead : àite, ionad. 4. unobstructed opportunity : cothrom. 5. an appartment in a house : seòmar, ceàrn.

Roominess, *s.* Farsuingeachd, rùm.

Roomy, *adj.* Farsuing, leathan, rùmail.

Roost, *s.* 1. That on which a bird sits to sleep : iris, spiris, fàradh, spàrr. 2. the act of sleeping : codal.

Roost, *v. n.* Coidil air spàrr, caidil air spiris.

Root, *s.* 1. Of a plant : freumh, freumhach, bun. 2. the bottom : bun, ìochdar. 3. a plant of which the root is esculent : meacan. 4. the original, the first cause : bunn, aobhar, màthair-aobhair, tùs, toiseach. 5. the first ancestor : tùs, freumh, sinnsear. 6. fixed residence : tàmh-àit.

Root, *v. a.* et *n.* 1. Fix deep in the earth : suidhich, daingnich, socraich. 2. impress deeply : thoir air freumhachadh, spàrr. 3. radicate, extirpate : spìon, thoir as a fhreumhaichibh. 4. destroy, banish : mill, sgrios, dith-làraich. 5. fix the root, strike far into the earth : freumhaich, gabh freumh. 6. turn up earth : bùraich cladhaich.

Rooted, *adj.* Freumhaichte, freumhail, suidhichte.

Rootedly, *adv.* See Rooted.

Rooter, *s.* Fear-spìonaidh, fear-thoirt á fhreumhaichibh.

Rooty, *adj.* Freumhach, làn fhreumhaichean.

Rope, *s.* Còrd, taod, sreang, ball, teadhair, ròp.

Rope, *v. n.* Binndich, tiughaich, fàs righinn.

Ropedancer, *s.* Teud-chleasaich, dannsair nan ròp, lùth-chleasaiche.

Ropemaker, *s.* Fear-dèanaimh chòrd, còirdealaiche, ròpadair.

Ropery, *s.* 1. Rogue's tricks : mi-chleasan. 2. place where ropes are made : ionad toinneamh nan còrd.

Ropiness, *s.* Righnead, righneachas, tiughachd.

Ropy, *adj.* Righinn, glaodhach, leanailteach.

Roral, *adj.* Dealtach, dealtmhor, drùchdach, driùchdach.

Rosary, *s.* 1. On which the Romanists number their prayers : paidirean, coron-mhuire. 2. a bed of roses : leaba phlùran. 3. a chaplet : fleasg-chrùn, lus-chrùn.

Roscid, *adj.* Dealtach, dealtmhor, drùchdach.

Rose, *s.* Ròs, pliùran, plùran, flùirean.

Roseal, *adj.* Ròsach, pliùranach, flùireanach.

Roseate, *adj.* Ròsach, pliùranach, flùireanach, ruiteach.

Rosed, *adj.* Dearg, ruiteach.

Rosemary, *s.* Ròs-màiri.

Rosier, *s.* Ròs-chrann.

Rosin, *s.* See Resin.

Rosin, *v. a.* Suath le ròiseid, buaichd le bìth.

Rostrated, *adj.* Gobach.

Rostrum, *s.* 1. The beak of a bird : gob. 2. the beak of a ship : sròn, toiseach. 3. the scaffold whence orators harangued : sgalan, crannag.

Rosy, *adj.* Ròsach, mar ròs.

Rot, *v. a.* et *n.* Malc, grod, lobh, brach.

Rot, *s.* 1. A distemper among sheep: tòdhadh caitheamh chaorach. 2. putrefaction: malcadh, grodadh, lobhadh, brachadh.
Rotary, *adj.* Rothach, a' dol mu chuairt.
Rotation, *s.* Dol mu chuairt, cuartalan, cuartachadh, cuairt.
Rotatory, *adj.* Rothach, cuairsgeach.
Rote, *s.* Sriut.
Rote, *v. a.* Fnigh air do theangaidh.
Rotten, *adj.* Grod, malcta, lobhta, breun, neo-fhallain.
Rottenness, *s.* Lobhadh, grodadh, malcadh, loibheachas, mosgain.
Rotund, *adj.* Cruinn, cuairsgeach, cuairteach.
Rotunda, *s.* Togail chruinn.
Rotundity, *s.* Cruinne.
Rove, *v. a.* et *n.* 1. Wander over: seabhaid, siubhail thairis air. 2. ramble, range: bi seabhaideach, bi iomrallach, siubhail a sìos 's a suas.
Rover, *s.* 1. A wanderer, a ranger: fear seabhaideach, cuairtear, fear falbhanach. 2. a fickle, inconstant man: fear luasganach, fear luaineach. 3. a robber, a pirate: spùinneadair mara, muirspùinnear.
Rouge, *s.* Dath dearg.
Rouge, *adj.* Dearg.
Rouge, *v. a.* et *n.* 1. Colour the face with rouge: cuir dath oirre. 2. lay rouge upon the face: bi dathta.
Rough, *adj.* 1. Not smooth, rugged: garbh. 2. austere to the taste: geur, searbh, garg. 3. harsh to the ear: neo-bhinn, searbh, fròmhaidh. 4. rugged of temper: garbh, garg, gruamach, doirbh, coimheach. 5. not gentle: neo-shuairc, neo-ghrinn, mi-thlusar. 6. harsh to the mind, severe: garg, borb. 7. hard-featured: gruamach, colgach. 8. not finished by art: neo-ghrinn, neo-fhìnealta. 9. terrible, dreadful: eagalach, uamhar. 10. tempestuous: gailbheach, stoirmeil, dòbhaidh. 11. hairy: molach, ròmach, giobach. 12. rough *bounds:* garbh-chrìochan.
Roughcast, *v. a.* Dealbh gu neo-fhìnealta.
Roughcast, *s.* 1. A rude model: dealbh neo-fhìnealta, cumadh garbh. 2. a kind of plaster: garbh aoladh.
Rough-draught, *s.* Ceud-tharruing.
Roughen, *v. a.* et *n.* 1. Make rough: dean garbh. 2. rough: fàs garbh.
Roughhew, *v. a.* Cuir garbh chumadh air.
Roughly, *adv.* See Rough.
Roughness, *s.* 1. Of surface: gairbhead. 2. to the taste: gairge, gairgead, seirbhe. 3. to the ear: seirbhe, seir bheachd, neo-fhonnmhorachd. 4. of temper: gairbhead, gairge, coimheachas. 5. absence of delicacy: gairbhead, neo-fhìnealtachd. 6. severity: gairge. 7. storminess: fiadhaichead, gairbhead. 8. of features: gairbhead, neo-aoidhealachd.
Roving, *s.* Seabhaideachd.
Roun, *v. a.* Cogair, eagair.
Round, *adj.* 1. Cylindrical, circular, spherical: cruinn, cuairteach, cearclach, cuarsgach. 2. smooth, without defect in sound: puncail, mìn. 3. whole: slàn, neo-bhriste. 4. not inconsiderable: mòr. 5. plain, clear: soilleir, fosgailte. 6. quick, brisk: beò, sgairteil.
Round, *s.* 1. A circle, a sphere, an orb: cuairt, cearcall. 2. step of a ladder: ceum. 3. the time in which any thing has passed through all hands: cuairt. 4. a revolution: cuairt. 5. rotation: dol mu 'n cuairt, cuartalan. They shot three rounds: thilg iad trì cuairtean.
Round, *adv.* 1. Every way: air gach taobh, mu 'chuairt, mu 'n cuairt. 2. in a revolution: 's an dol mu 'n cuairt. 3. circularly: mu' n cuairt, mu thimchioll. 4. not in a direct line: mu 'n cuairt.
Round, *prep.* Timchioll, mu 'chuairt, mu 'n cuairt, air gach taobh.
Round, *v. a.* et *n.* 1. Surround, encircle: timchiollaich, cuairtich. 2. make spherical or circular: deann cruinn. 3. mould into smoothness: dean mìn, dean rèidh. 4. grow round in form: fàs cruinn. 5. whisper: cogair. 6. go rounds as a guard: falbh mu 'n cuairt.
Roundabout, *adj.* Mu 'n cuairt.
Roundelay, *s.* Luinneag, coilleag.
Roundhead, *s.* Maol cheann.
Roundish, *adj.* Cruinn, leth-char cruinn.
Roundlet, *s.* Cuairteag.
Roundly, *adj.* Cruinn.
Roundly, *adv.* See Round, *adj.*
Roundness, *s.* 1. Circularity, sphericity: cruinne. 2. smoothness: mìnead. 3. honesty, openness: saorsa, onoir.
Rouse, *v. a.* et *n.* 1. Wake from rest: mosgail, caraich, dùisg, gluais. 2. put into action: mosgail, gluais, bruidich. 3. drive a beast from his lair: gluais, iomain, fuadaich. 4. wake from slumber: dùisg, mosgail, éirich. 5. be excited to thought: mosgail.
Rouser, *s.* Fear-dùsgaidh, fear-mosglaidh.
Rout, *s.* 1. A clamorous multitude: gràisg, pràbar, comunn bruidhneach. 2. a select company: coisridh. 3. of an army: ruaig, teicheadh.
Rout, *v. a.* et *n.* 1. By defeat: ruaig, cuir air theicheadh. 2. assemble in crowds: cruinnich gu cumasgach. 3. search in the ground as a swine: bùraich, rùraich.
Routed, *s.* Slighe, rathad.
Routine, *s.* Cleachdadh, gnàths.
Row, *s.* 1. A rank or file: sreath, srèad, breath. 2. a drunken debauch: iorghuill, sabaid.
Row, *v. a.* et *n.* 1. Drive or help forward by oars: iomair, iomraim, imir, ràmhaich. 2. impel a vessel in the water by oars: ràmhaich, bi 'g iomradh.
Rowan, *s.* Caorran.
Rowel, *v. a.* Spor, lot, cum lot o dhùnadh.
Rower, *s.* Ràmhaich, fear-iomraidh, ràmhair.
Royal, *adj.* 1. Kingly, belonging to a king: rìoghail. 2. noble, illustrious: òirdheirc, ainmeil.
Royalist, *s.* Fear rìoghail, rìoghalach, fear-seasaimh an righ.
Royally, *adv.* See Royal.
Royalty, *s.* 1. Kingship: rìoghalachd, mòrachd,

rìoghail. 2. emblems of royalty : greadhnachas, no, suaicheantas rìoghail.
Royne, *v. a.* Creim.
Roynish, *adj.* Crìon, suarach, mìodhoir.
Royston, *s.* Còrn-cun.
Rub, *v. a.* et *n.* 1. Scour, wipe : suath, slìob, rub. 2. move one body upon another : suath, sgrìob, slìob, rub. 3. polish, retouch : suath, lìomh. 4. remove by friction : tachais, sgrìob, suath. 5. touch hard : sgrìob, tachais. 6. rub *down :* suath. 7. rub *up*, excite : mosgail, caruich. 8. rub up, polish, refresh : ùraich, ath-ùraich. 9. fret, make a friction : tachais, sgrìob. 10. get through difficulties : pùc, gabh air d' aghart.
Rub, *s.* 1. Act of rubbing : suathadh, slìobadh, rubadh. 2. inequality of ground that hinders the motion of the bowl : éiridh. 3. collision, hindrance : caimdeal, ceap-tuislidh, stairsneach. 4. difficulty : cruadal.
Rubber, *s.* 1. One that rubs : fear-suathaidh, suathadair. 2. the instrument with which one rubs : inneal suathaidh. 3. a coarse file : eighe garbh. 4. a game : cuairt-cluiche.
Rubbish, *s.* 1. Ruins of building : salachar, fuighleach, spruilleach, sgruibleach. 2. confusion, mingled mass : salachar, luaithre, smùir. 3. any thing vile and worthless : ni gun fhiù.
Rubble stone, *s.* Dòirneag nan allt.
Rubied, *adj.* Dearg, lasarra.
Rubric, *s.* Seòlaidhean an sgrìobhadh dearg.
Rubric, *v. a.* Dean dearg, dearg.
Ruby, *s.* 1. A precious stone : rùbi, clach dhearg. 2. redness : deirge. 3. a blotch : leus.
Ruby, *adj.* Dearg.
Ructation, *s.* Brùchd, brùchdail.
Rudder, *s.* Stiùir.
Ruddiness, *s.* Deirge, rughadh.
Ruddle, *s.* Dearg-chriadh.
Ruddy, *adj.* Ruiteach, ruiteagach, dearg.
Rude, *adj.* 1. Untaught, barbarous : allmharra, fiadhaich, aineolach. 2. of manners : garbh, mi-mhodhail, mi-bheusach. 3. violent, tumultuous : fiadhaich, garg, stoirmeil. 4. harsh, inclement : garbh, gailbheach, stoirmeil, fiadhaich. 5. ignorant, raw : aineolach, neo-theòma. 6. rugged, uneven : garbh, neo-chòmhnard.
Rudely, *adv.* See Rude.
Rudeness, *s.* 1. Coarseness of manners : anntlachd, mi-mhodhalachd, mi-bheusachd. 2. ignorance : aineolas, mi-oilean. 3. inelegance, coarseness : cion grinnis, neo-fhìnealtachd. 4. violence, boisterousness : déine, déireas, braise. 5. storminess, rigour : stoirmealachd, fiadhaichead.
Rudiment, *s.* 1. Of science : foir-theagasg, toiseach foghluim. 2. of any thing : bunabhas, tionnsgnadh.
Rudimental, *adj.* Bunabhasach, ag ùr thoiseachadh, a' tionnsgnadh.
Rue, *v. a.* et *n.* 1. Grieve for : gabh aithreachas, bi doilich. 2. have compassion : gabh truas, bi iochdmhor.
Rue, *s.* Rùdh.
Rueful, *adj.* Aithreachail, muladach, tiamhaidh, dubhach, brònach, cianail.
Ruefully, *adv.* See Rueful.
Ruefulness, *s.* Mulad, tuirse doilgneas, bròn.
Rueing, *s.* Caoineadh, bròn, cumhadh.
Ruff, *s.* See Frill.
Ruffian, *s.* Slaightear, crochair, spùinneadair, gearr-radh-choileir.
Ruffian, *adj.* Aingidh, daoidh, coirpidh, diabhlaidh.
Ruffle, *v. a.* et *n.* 1. Disorder : aimhreitich, cuir á òrdugh, cuir thar a chéile, cuir air aimhreidh. 2. disturb : buair, feargaich, cuir greann air. 3. put out of order, surprise : buair, gluais, faitich. 4. throw disorderly together : tilg thar a chéile. 5. contract into plaits : preas, cas, fill. 6. grow turbulent : fàs buaireasach, bi buaireasach. 7. be in loose motion : siùd, crath.
Ruffle, *s.* 1. Used as an ornament : See Frill. 2. disturbance : buaireas, aimhreit.
Rug, *s.* Straille, brat teinntein.
Rugged, *adj.* 1. Rough, full of unevenness : garbh, stacach, neo-chòmhnard. 2. not neat : neo-chuimir, mi-riaghailteach. 3. savage of temper, brutal : garg, borb, fiadhaich, doirbh. 4. stormy, tempestuous : stoirmeil, gailbheach. 5. rough or harsh to the ear : neo-bhinn, searbh. 6. sour, surly : gruamach, duairceach. 7. rough, shaggy : molach, ròmach, giobach.
Ruggedly, *adv.* See Rugged.
Ruggedness, *s.* 1. The state or quality of being rugged : gairbhe. 2. roughness, rudeness : gairbhe, mi-mhodh, mi-mhodhalachd. 3. asperity : seirbhe, searbhachd.
Rugine, *s.* Eighe-léigh.
Rugose, *adj.* Preasach, sreamach, caisreagach.
Ruin, *s.* 1. Of cities or buildings : tuiteam, dìth-làrachadh, dol sìos. 2. of building demolished : aibhist, làrach fhuar. 2. destruction : milleadh, sgrios, léir-sgrios. 4. mischief, bane : truaighe, aimhleas, dosguinn.
Ruin, *v. a.* et *n.* 1. Subvert, demolish : dìth-làraich, sgrios, tilg sìos, leag. 2. deprive of felicity or fortune : creach, ciùrr, mill. 3. impoverish : thoir gu bochduinn, dean bochd. 4. fall in ruins : tuit. 5. dilapidate : tuit, fàs 'n a d'aibhist. 6. be brought to poverty or misery : fàs bochd, cinn bochd.
Ruination, *s.* See Ruin, *s.*
Ruiner, *s.* Dìth-mhilltear, fear-tilgidh sìos.
Ruinous, *adj.* 1. Fallen to ruin : fàsachail, air tuiteam sìos, air dol a mugha. 2. mischievous, pernicious : sgriosail, millteach, aimhleasach.
Ruinously, *adv.* See Ruinous.
Rule, *s.* 1. Government, empire : riaghladh, ceannsalachd, uachdaranachd. 2. an instrument by which lines are drawn : riaghailt. 3. canon, precept : riaghailt, seòladh, reachd, òrdugh.
Rule, *v. a.* et *n.* 1. Govern, control : riaghail, ceannsaich. 2. manage, conduct : riaghail, stiùir, seòl, riaghailtich. 3. mark with lines : tarruing sreathan riaghailte. 4. have power or command : bi riaghladh.

Ruler, *s.* 1. Governor: riaghlair, riaghladair, uachdaran, ceannard. 2. an instrument by the direction of which lines are drawn: riaghailt, ròl-air.

Ruly, *adj.* Soitheamh, soirbh, riaghailteach.

Rum, *s.* Deoch bhrìgh an t-siucair.

Rumble, *v. n.* Dean rùchdail, dean torman, dean bodhar-fhuaim.

Rumbler, *s.* Fear-rùchdail, fear-brolaich, rambhair.

Rumbling, *s.* Rùchdail, brolaich, torman, bodhar fhuaim.

Ruminate, *v. a.* et *n.* 1. Chew over again: ath-chagain. 2. muse on: ath-smaoinich, cnuasaich, beachd-smaoinich. 3. chew the cud: ath-chagain, cnàmh a' chìr.

Rumination, *s.* 1. The act of chewing the cud: ath-chagnadh, cnàmh na cìre. 2. meditation: ath-smaoineachadh, cnuasachadh.

Rummage, *v. a.* et *n.* Rannsaich, sgrùd, sir.

Rummer, *s.* Gloine, copan, cuach.

Rumour, *s.* Naidheachd, fathunn, iomradh, tuairisgeul.

Rumour, *v. a.* Aithris, innis, sgaoil mu 'n cuairt.

Rump, *s.* Rumpull, feaman, dronn, ruinnseach, cibein.

Rumple, *s.* Preas, caisreag, sreamadh.

Rumple, *v. a.* Preas, crup, cas.

Run, *v. a.* et *n.* 1. Pierce, stab: troimh-lot, bior, sàth. 2. force, drive: iomain, pùc. 3. melt, fuse: leagh. 4. venture, hazard: cuir an cunnart. 5. prosecute in thought: lean, cnuasaich, beachdaich. 6. push: pùc. 7. run *down*, chase to weariness: claoidh, sàruich. 8. move swiftly: ruith, falbh luath. 9. rush violently: ruith, leum. 10. take a course at sea: ruith, seùl. 11. contend in a race: ruith, dean comh-ruith, steud. 12. flee, not stand: ruith, teich. 13. emit, or let flow any liquid: ruith, sruth. 14. melt: leagh, ruith. 15. pass, proceed: rach roimh. 16. go away, vanish, pass: ruith, falbh, rach seachad. 18. pass in thought or speech: rach thairis, ainmich. 19. be popularly known: bi aithnichte. 20. have reception: faigh deadh-ghean. 21. proceed in a certain order: rach air d' aghart. 22. grow exuberantly: fàs mòr, ruith thairis. 23. excern pus or matter: sruth, sil. 24. become irregular: fàs mi-riaghailteach, 25. fall into a fault: tuit, tuislich. 26. proceed as on a ground or principle: rach air d' aghart. 37. run *after*: ruith as déigh. 28. run *away with*: ruith air falbh le. 29. run *in with*: còrd ri. 30. run *on*: gabh air d' aghart. 31. run *over*: ruith thairis. 32. run *out*, be at an end: ruith a mach. 33. run *out*, expatiate: leudaich. 34. run *out*, be wasted: teirig. 35. run *out*, grow poor: fàs bochd, ruith a mach.

Run, *s.* 1. Act of running: ruith, steudadh. 2. course: gluasad, imeachd, slighe, cùrsa. 3. flow, cadence: ruith, rannaidheachd. 4. way, will: dòigh, seòl. 5. course, process: gnàth. 6. popular censure: càineadh, ruith a sìos. 7. at the long run: air a cheann mu dheireadh.

Runagate, *s.* Slaightear, fear-ceannairc, fògarach, fear-cùirn.

Runaway, *s.* Gealtair, cladhaire, fear-gabhail na ruaig.

Rundle, *s.* 1. Step of a ladder: ceum. 2. something put round an axis: cuibhle.

Rundlet, *s.* Buideal, baraille beag.

Rung, *s.* Rongas, rongais.

Runnel, *s.* Sruthlag, caochan, alltan.

Runner, *s.* 1. One that runs: fear-ruithe. 2. a racer: fear-comh-ruithe, fear-cuir réis, fear-steudaidh. 3. a messenger: teachdair, gille-ruith. 4. a shooting sprig: faillean. 5. one of the stones of a mill: clach mhuilinn.

Runnet, *s.* Binid, dèasgann.

Running, *adj.* Steudach, luath.

Running, *s.* 1. Act of moving on with celerity: ruith, steudadh. 2. discharge of a wound or sore: ruith, sileadh, sruth.

Runnion, *s.* Sgonn-bhalach, ruaille, ruinnseach.

Runt, *s.* Arrach, luspardan.

Ruption, *s.* Bristeadh, sgaoileadh.

Rupture, *s.* 1. The act of breaking, state of being broken: bristeadh, briseadh, sgàineadh. 2. open hostility: aimhreit, eas-còrdadh. 3. burstenness, hernia: màm-sichde.

Rupture, *v. a.* Bris, agaoil sgàin, cuir as a chéile.

Rural, *adj.* Do 'n dùthaich, do 'n tìr.

Ruralist, *s.* Fear déigheil air an dùthaich, tìreach.

Rush, *s.* 1. A plant: luachar, buigneach. 2. It is not worth a rush: cha 'n fhiach e bi falamh. 3. violent course: dian ruith.

Rushlike, *adj.* Lag, anfhann, gun chlì.

Rush, *v. a.* et *n.* 1. Push forward with violence: pùc, sginn, brùchd, ruith. 2. move with violence: ruith, thoir ionnsuidh làidir.

Rusher, *s.* Fear-pùcaidh, fear-sginnidh.

Rushing, *s.* Ruith, dian shiubhal, brùchdadh.

Rushy, *adj.* Luacharach, luachrach.

Russet, *adj.* 1. Reddishly brown: dearg dhonn. 2. coarse, homespun: garbh, neo-ghrinn.

Russet, *s.* Deise dùthcha.

Rust, *s.* Meirg, meirgeadh.

Rust, *v. a.* et *n.* 1. Make rusty: meirg, dean, meirgeach meirgich. 2. impair by time or inactivity: meirg, dean rag. 3. gather rust: meirg, fàs meirgeach, meirgich.

Rustic, *adj.* 1. Rural, country: do 'n duthaich, na dùthcha. 2. rude, untaught: garbh, neo-fhìnealta, aineolach. 3. brutal, savage: borb, garbh fiadhaich, allmhara. 4. artless, honest, simple; aon-fhillte, simplidh.

Rustic, *s.* Luidse, balach, tuathanach.

Rustical, *adj.* Garbh, borb, garg, allmhara.

Rusticate, *v. a.* et *n.* 1. Banish into the country: fuadaich do 'n dùthaich. 2. reside in the country: tuinich 's an dùthaich.

Rustication, *s.* Tuineachadh 's an dùthaich.

Rusticity, *s.* Cleachdadh na dùthcha, simplidheachd, aon-fhillteachd, neo-chealgachd.

Rustily, *adv.* See Rusty.

Rustiness, *s.* Meirgeadh.

Rustle, *v. n.* Dean torman, dean torghan, dean fuaim.

Rustling, *s.* Torman, torghan, fuaim, farum, borbhan.

Rusty, *adj.* 1. Covered with rust: meirgeach, air meirgeadh. 2. impaired by inactivity: meirgte, rag. 3. surly, morose: gruamach, duairceach, goilleach.

Rut, *s.* 1. Copulation of deer: dàmhair. 2. the track of a cart wheel: clais rotha.

Rut, *v. n.* Dàir.

Ruth, *s.* 1. Mercy, pity: truas, ioc, bàigh, caomhalachd. 2. misery: bròn, cumha, ànradh, caoidh.

Ruthful, *adj.* 1. Merciful, compassionate: tròcaireach caomh, bàigheil, truacanta. 2. woful, sorrowful: muladach, brònach, dubhach.

Ruthfully, *adv.* See Ruthful.

Ruthless, *adj.* Garg, borb, an-iochdmhor, neothruacanta.

Ruthlessness, *s.* An-iochd, gairge, borbas, cruaidhchrìdheachd.

Ruthlessly, *adv.* See Ruthless.

Ruttish, *adj.* Druiseil, macnusach, baiseach, teth, air dàir.

Rye, *s.* Seagal.

Ryegrass, *s.* Feur-cuir.

Sabaoth, *s.* Sluagh, feachd, armailt.

Sabbatarian, *s.* Fear-gleidhidh sàbaid nan Iudhach.

Sabbath, *s.* 1. A day appointed by God to be set apart from works of labour, and to be employed in piety: sàbaid, dòmhnach, latha na sàbaid, didòmhnaich. 2. time of rest: fois, tàmh.

Sabbatic, Sabbatical, *adj.* Sàbaideach.

Sable, *s.* See Fur.

Sable, *adj.* Dubh, dorch, lachduinn, ciar.

Sabre, *s.* Cuinnsear, claidheamh crom.

Sabre, *v. a.* Buail le cuinnsear.

Sabulous, *adj.* Grinnealach, gaineamhach.

Saccharine, *adj.* Siùcarach, milis mar shiùcar.

Sacerdotal. *adj.* Sagartach, sagartail.

Sachel, *s.* Pocan, balgan.

Sack, *s.* 1. A bag: poca, sac, balg, soire. 2. the measure of three bushels: tri cheathramh. 3. a woman's loose robe: gùn fuasgailte.

Sack, *s.* 1. Storm of a town, pillage: creach, spùinneadh, spùilleadh. 2. a kind of sweet wine now brought chiefly from the Canaries: fìon milis Chanari.

Sack, *v. a.* 1. Put in bags: poc, sacaich, dinn am balg. 2. take by storm, pillage: creach, spùinn.

Sackcloth, *s.* Sac-eudach, eudach-bròin.

Sacker, *s.* Fear-glacaidh baile.

Sackful, *s.* Làn saic, làn builg, làn poca.

Sacking, *s.* 1. Act of plundering a town: creach, spùinneadh, spùilleadh, sgrios. 2. cloth of which sacks are made: aodach phocannan.

Sackposset, *s.* Deoch bhainne 's fhìona.

Sacrament, *s.* 1. An oath: mionn, bòid. 2. the eucharist, the holy communion: sàcramaid, baisteadh, no comannachadh.

Sacramental, *adj.* A bhuineas do shàcramaid, sàcramaideach.

Sacramentally, *adv.* See Sacramental.

Sacred, *adj.* 1. Immediately relating to God: naomh, diadhaidh. 2. devoted to religious uses: naomh, coisrigte, diadhuidh. 3. theological: dradhuidh. 4. entitled to reverence: naomh, diadhuidh.

Sacredly, *adv.* See Sacred.

Sacredness, *s.* Naomhachd, diadhachd.

Sacrificable, *adj.* So-ìobraidh.

Sacrificant, Sacrificator, *s.* Fear-ìobraidh.

Sacrificatory, *adj.* A toirt suas ìobairtean.

Sacrafice, *v. a.* et *n.* 1. Offer to heaven: ìobair, ofrail. 2. destroy or give up for the sake of something else: leig thairis, thoir suas. 3. destroy, kill: sgrios, marbh. 4. devote with loss: thoir thairis. 5. make offerings, offer sacrifice: tairg ìobairt, tairg ofrail.

Sacrifice, *s.* 1. The act of offering to heaven: ìobradh, tabhairt ofrail. 2. the thing offered to heaven: ìobairt, tabbhartas, ofrail. 3. any thing destroyed or quitted for the sake of something else: ìobairt, trèigsinn.

Sacrificer, *s.* See Sacrificator.

Sacrificial, *adj.* A' tabhairt suas ìobairt.

Sacrilige, *s.* Ceall-ghoid, goid ǹithean coisrigte, naomh-ghoid, ceall-shlaid, aircheall airchealladh.

Sacriligious, *adj.* Ag ceall-ghoid, mi-ǹaomh, a' truailleadh ǹithean naomha, naomh-ghoideach.

Sacriligiously, *adv.* See Sacriligious.

Sacring, *part.* Coisreagadh.

Sacrist, Sacristan, *s.* Maor-eaglais, fear-gleidhidh ǹithe naomha.

Sacristy, *s.* Seòmar ǹithean naomha.

SAD, *adj.* 1. Sorrowful, full of grief: muladach, dubhach, an-aoibhinn, brònach, tuirseach. 2. habitually melancholy: cianail, airtnealach, trom-inntinneach. 3. gloomy: gruamach, trom, airtnealach. 4. serious, grave: stùlda, suidhichte. 5. afflictive, calamitous: doilgheasach, dosguinneach. 6. bad, inconvenient: olc, droch. 7. dark coloured: dorch, odhar, lachduinn, ciar. 8. heavy, ponderous: trom. 9. cohesive, firm, close: teann, daingean.

SADDEN, *v. a.* et *n.* 1. Make sad: dean dubhach, dean brònach, cuir mulad air. 2. make melancholy, make gloomy: dean airtnealach, cuir fuidh sprochd. 3. make dark coloured: dean dubh, dean odhar, dean ciar. 4. make heavy: tromaich, dean trom. 5. become sad: fàs muladach, fàs brònach.

SADDLE, *s.* Dìollaid, diallaid: Pack-*saddle*: pillean.

SADDLE, *v. a.* 1. Cover with a saddle: dìolladaich, cuir diallaid air, dìollaidich. 2. load: sacaich.

SADDLEMAKER, SADDLER, } *s.* Dìolladair, dialladair, diollaideir.

SADDUCEE, *s.* Sadusach.

SADLY, *adv.* See Sad.

SADNESS, *s.* Mulad, bròn, doilgheas, dubhacas: airtneal, cianalas, sprochd.

SAFE, *adj.* Tèaruinte, sàbhailte, slàn.

SAFE, *s.* Amradh, cisteag-bhìdh.

SAFEGUARD, *s.* Dìon, tèarmunn, cineach, dìdean, tèaruinteachd, coimheadachd, luchd-coimheadaichd.

SAFEGUARD, *v. a.* Dìon, tèarn.

SAFELY, *adv.* See Safe, *adj.*

SAFETY, *s.* Tèaruinteachd, sàbhailteachd: gleidheadh, àite daingean.

SAFFRON, *s.* Cròch.

SAFFRON, *adj.* Buidhe, cròchach.

SAFFRON, *v. a.* Dath buidhe, dean dath cròchach.

SAG, *v. a.* et *n.* Sacaich, luchdaich, bi trom, bi turman.

SAGACIOUS, *adj.* Geur, tùrail, tuigseach, toinisgeach, glic, bunntamach.

SAGACIOUSLY, *adv.* See Sagacious.

SAGACITY, *s.* Géire, tùr, tuigse, toinìsg, bunntamas, gliocas, seanacarachd.

SAGE, *s.* 1. A plant: sàisde. 2. a philosopher: teallsanach, duine glic.

SAGE, *adj.* Glic, tùrail, crionnta, sicir.

SAGELY, *adv.* See Sage, *adj.*

SAGENESS, *s.* See Sagacity.

SAIL, *s.* 1. Which catches the wind: seòl. 2. wings: sgiathan. 3. a ship: soitheach, long.

SAIL, *v. a.* et *n.* Seòl, bi seòladh.

SAILOR, *s.* Seòladair, loingear, maraiche, fairgear, ban-seòladair.

SAILYARD, *s.* Slat-shiùil.

SAINT, *s.* Naomh, duine diadhuidh.

SAINT, *v. a.* Naomhaich, cuir an àireamh nan naomh.

SAINTED, *adj.* Naomh, diadhuidh, beannaichte.

SAINTESS, *s.* Ban-naomh.

ST. JOHN'S-WORT, *s.* Lus-challum-chille, ealbhuidh.

SAINTLY, *adv.* Gu naomh, gu diadhuidh, mar is cubhaidh do naomh.

SAINTSHIP, *s.* Naomhachd, diadhachd, inbhe naoimh.

SAKE, *s.* Sgàth, son.

SALACIOUS, *adj.* Baoiseach, druiseil, feòlmhor, macnusach.

SALACITY, *s.* Feòlmhorachd, macnus, ana-miann.

SALAD, *s.* Luibhean.

SALAMANDER, *s.* Corra-chagailte, corr-chagailt.

SALARY, *s.* Tuarasdal, duais, teachd a steach.

SALE, *s.* Reic, creic.

SALEABLE, *adj.* A ghabhas reic, freagarrach ri reic, margail.

SALESMAN, *s.* Reiceadair, fear-reic.

SALIENT, *adj.* Leumnach, sùrdagach.

SALINE, SALINOUS, } *adj.* Saillte, 'n a shalann.

SALIVA, *s.* Ronn, smugaid, seile.

SALIVATE, *v. a.* Ronnaich, leighis le sileadh ronn.

SALIVATION, *s.* Ronnachadh, sileadh ronn.

SALIVOUS, *adj.* Ronnach, smugaideach.

SALLOW, *s.* Seileach geal.

SALLOW, *adj.* Buidhe, glasdaidh, uaine, air dhroch thuar.

SALLOWNESS, *s.* Glaise, uainead.

SALLY, *s.* 1. From a place besieged: ruathar, ionnsuidh luchd-dìona. 2. range, excursion: ruathar, turus. 3. of wit: geur fhocal. 4. levity: eutromas.

SALLY, *v. a.* Thoir ruathar.

SALMON, *s.* Bradan.

SALMON-TROUT, *s.* Geala-bhreac, breac geal, breac.

SALT, *s.* 1. That preserves bodies from corruption: salann. 2. taste: blas. 3. wit: géire.

SALT, *adj.* 1. Impregnated with, or abounding with salt: saillte. 2. lecherous: macnusach.

SALT, *v. a.* Sàill, cuir salann air.

SALTCELLAR, *s.* Saillear.

SALTER, *s.* Sailleadair, fear-reic salainn.

SALTISH, *adj.* Leth shaillte, leth-char saillte, goirt.

SALTLESS, *adj.* Gun bhlas, neo-bhlasda, gun salann.

SALTNESS, *s.* Saillteachd, sailltidh.

SALTPETRE, *s.* Salann ro gheur.

SALVATION, *s.* Sàbhaladh, slàinte, saoradh, slanuchadh.

SALUBRIOUS, *adj.* Slàinteil, fallain, slàinteach.

SALUBRIOUSLY, *adv.* See Salubrious.

SALUBRITY, *s.* Slàintealachd, fallaineachd.

SALVE, *s.* 1. An emplaster: sàbh, acfuinn-shuaite, ungdah. 2. help, remedy: cobhair, còmhnadh.

SALVE, *v. a.* 1. Cure with medicaments applied: leighis le sàbh, leighis le acfuinn-shuaite. 2. help, remedy: cobhair, còmhnuich, slànuich. 3. help or save by a salvo: leighis, slànuich, dèan suas, gabh leisgeul.

SALVER, *s.* Mias, aisead.

SALVO, *s.* Leisgeul, cur seachad.

SALUTARY, *s.* Slàinteil, fallain, tèaruinte.

SALUTATION, *s.* Fàilte, fàilteachadh, altachadh beatha, furan.

SALUTE, *v. a.* 1. Greet, hail: fàiltich, cuir fàilt, air, furanaich, beannaich. 2. please, gratify: tait-

inn, fàiltich, furanaich. S. kiss: pòg, fàiltich le pòig.
SALUTE, *s.* 1. Salutation: fàilte, fàilteachadh, furan. 2. a kiss: pòg.
SALUTIFEROUS, *adj.* Slàinteil, fallain.
SAMARITAN, *s.* Samaritanach.
SAME, *s.* Ceudna, ionann, ioramhuil.
SAMENESS, *s.* Ionannachd, comh-ionannas.
SAMLET, *s.* Bradan beag, gobhlachan.
SAMPHIRE, *s.* Lus-nan cnàmh.
SAMPLE, *s.* Sampull, samhladh, eiseimpleir.
SAMPLE, *v. a.* Thoir sampull, thoir samhladh.
SAMPLER, *s.* Samplair, sampull, samhladh, foir-theagaisg fuaigheil.
SANABLE, *adj.* So-leighis, so-shlànuchaidh.
SANATION, *s.* Slànuchadh, deanamh slàn, leigheas.
SANATIVE, *adj.* Slàinteil, leigheasach, fallain.
SANCTIFICATION, *s.* Naomhachadh, coisrigeadh, deanamh naomh.
SANCTIFIER, *s.* Fear-naomhachaidh, fear-coisrigidh.
SANCTIFY, *v. a.* Naomhaich, dean naomh, glan o pheacadh, coisrig.
SANCTIMONIOUS, *adj.* Naomh, cràbhach, mar neach diadhuidh.
SANCTIMONIOUSLY, *adv.* See Sanctimonious.
SANCTIMONY, *s.* Cràbhadh, naomhachd, diadhachd, coltas cràbhach.
SANCTION, *s.* Ùghdarras, aonta, cead, comas, toil, daingneachadh.
SANCTION, *v. a.* Thoir ùghdarras do, ceadaich.
SANCTITY, *s.* Naomhachd, glaine, maitheas, diadhachd.
SANCTUARY, *s.* Ionad naomh, naomh-dhian, tèarmunn, dìon, dìdean ceal-chobhair.
SAND, *s.* Gaineamh, gainmheach, grinneal, tìr-gainmhich.
SANDAL, *s.* Cuaran, bròg-fhuasgailte, bròg-bhréid.
SANDED, *adj.* Gainmheineach, neo-thorach, ballach, breac.
SANDISH, *adj.* Gainmheineach, grinnealach, grìogagach.
SANDSTONE, *s.* Clach ghainimh.
SANDY, *adj.* Gainmheineach, grinnealach, griogagach.
SANE, *adj.* Slàn, fallain.
SANGUINARY, *adj.* Fuileachdach, fuileach, fuilteach, borb, marbhtach.
SANGUINE, *adj.* 1. Red: dearg, air dhath fola. 2. cheerful, warm, ardent, confident: cridheil, beothail, dealasach, earbsach, dòchasach.
SANGUINELY, *adv.* See Sanguine.
SANGUINENESS, SANGUINITY, } *s.* Mòr-dhòchas, làn dùil, teas dòchais, earbsachd.
SANGUINEOUS, *adj.* See Bloody.
SANHEDRIM, *s.* Àrd chomhairle nan Iùdhach.
SANIES, *s.* Iongar, leann.
SANIOUS, *adj.* Iongarach.
SANITY, *s.* Càil inntinn, slàinte, ciall, tuigse.
SAP, *s.* Sùgh, brìgh, snothach.
SAP, *v. a.* et *n.* 1. Undermine: cladhaich fodha, tochail fodha. 2. proceed invisibly: gabh air d'aghart fo 's ìosal.
SAPID, *adj.* Blasda, milis, taitneach, sùghmhor.
SAPIDITY, *s.* Blasdachd, millseachd.
SAPIENCE, *s.* Gliocas, eòlas, tuigse, ciall, tùr.
SAPIENT, *adj.* Glic, eòlach, tuigseach, ciallach, tùrail.
SAPLESS, *adj.* Gun bhrìgh, gun sùgh, tioram, neo-bhrìoghmhor.
SAPLING, *s.* Fàillean, fiùran, céiseag.
SAPOR, *s.* Blas.
SAPPHIRE, *s.* Saphir, neamhnuid ghorm.
SAPPINESS, *s.* Brìghealachd, sùghmhorachd, mèithealachd.
SAPPY, *adj.* Brìoghmhor, sùghmhor, bladhail, ùrar, bog, tais, òg.
SARCASM, *s.* Athais, sgeig, bearradh, beum, geurmhagadh.
SARCASTIC, SARCASTICAL, } *adj.* Athaiseach, sgeigeil, magail, beumach, agairteach, éisgeach, geuranach.
SARCASTICALLY, *adv.* See Sarcastic.
SARCENET, *s.* Sìoda caol grinn.
SARDONYX, *s.* Sardonics, leug luachmhor.
SASH, *s.* 1. A belt: crios meadhoin, sròl. 2. a window: uinneag thogalach.
SATAN, *s.* Sàtan, diabhul, deamhan, aibhisdear.
SATANIC, SATANICAL, } *adj.* Diabhlaidh, deamhnaidh.
SATANICALLY, *adv.* See Satanic.
SATANIST, *s.* Ann-spiorad, droch dhuine.
SATCHEL, *s.* Màileid, pocan leabhraichean.
SATE, *v. a.* Glaim, glut, sàsaich.
SATELESS, *adj.* Gionach, cìocrach, neo-shàsaichte.
SATELLITE, *s.* Reul chuairteagach, reul cuartalain.
SATIATE, *v. a.* 1. Satisfy, fill: sàsaich, lìon, thoir a leòir da. 2. glut, pall: lìon gu shàth, cuir gràin air le ithe. 3. gratify desire: toilich. 4. saturate; bogaich, taisich.
SATIATE, *adj.* Sàsaichte, làn, lìonta.
SATIETY, *s.* Sàth, teann-shàth, seid.
SATIN, *s.* Sìoda dealrach, sròl.
SATIRE, *s.* Aoir, aoireadh, éisgeadh, cas-bhàrdachd, càineadh.
SATIRIC, SATIRICAL, } *adj.* Éisgeanta, éisgeil, sgaiteach, beumach, sglamhruinneach, bàrdail.
SATIRICALLY, *adv.* See Satirical.
SATIRIST, *s.* Éisgear, bàrd sgaiteach, sgath-bhàrd, gearradair.
SATIRIZE, *v. a.* Aoir, càin, dean aoireadh do, sgraill.
SATISFACTION, *s.* 1. The act of pleasing: toileachadh, taitneas, sàsachadh, riarachadh. 2. the state of being pleased: toileachadh, taitneas, sàsachadh. 3. release from suspense: comhfhurtachd. 4. gratification: toil-inntinn, taitneas. 5. atonement: dìoladh, ath-dhìoladh, éiric.
SATISFACTORILY, *adv.* See Satisfactory.
SATISFACTORINESS, *s.* Taitneas, toileachas, toileachas-inntinn.
SATISFACTORY, *adj.* 1. Giving satisfaction: taitneach. 2. atoning: a' toirt dìolaidh, a' toirt éiric.
SATISFIER, *s.* Fear-toileachaidh, fear-sàsuchaidh, fear-dìolaidh.
SATISFY, *v. a.* et *n.* 1. Content: toilich, riaraich.

2. feed to the full: sàsaich, lìon. 3. recompense: dìol, ath-dhìol, ìoc. 4. appease by punishment: dìol, thoir éiric, toilich. 5. free from doubt: dean cinnteach, toilich, cuir á teagamh. 6. give content: taitinn, riaraich. 7. feed to the full: lìon, ith seid. 8. make payment: dìol, ìoc, pàidh.

SATURABLE, *adj.* So-lìonaidh, lom làn, dèarr làn.

SATURATE, *v. a.* Lìon, sàsaich.

SATURDAY, *s.* Di-sathuirne, dia-sathuirne.

SATURN, *s.* 1. The planet: Sàturn. 2. (in chemistry) lead: luaidhe.

SATYR, *s.* Uruisg, dia coille.

SAVAGE, *adj.* Fiadhaich, allmhara, allta, borb, fiadhaich, aineolach.

SAVAGE, *s.* Duine fiadhaich, duin' allta, domhach.

SAVAGE, *v. a.* Dean fiadhaich, dean allta.

SAVAGELY, *adv.* See Savage, *adj.*

SAVAGENESS, *s.* Alltachd, fiadhaichead, an-iochd, allmharrachd.

SAVAGERY, *s.* An-iochd, cruaidh-chridheachd, fàs fiadhaich.

SAVANNA, *s.* Magh, achadh.

SAUCE, *s.* Lìonradh, sùgh-brìoghmhor.

SAUCEBOX, *s.* Gobair, peasan, beadagan balaich.

SAUCEPAN, *s.* Aghann lìonraidh.

SAUCER, *s.* 1. A small pan: aghann lìonraidh. 2. into which a tea cup is set: soitheach buinn copain.

SAUCILY, *adv.* See Saucy.

SAUCINESS, *s.* Ladarnas, mi-mhodh, beadaidheachd, leamhad, gobaireachd.

SAUCY, *adj.* Ladarna, barracaideach, mi-mhodhail, beadaidh, peasanach.

SAVE, *v. a.* et *n.* Saor, sàbhail, tèarn, tearuinn, teasairg, saor, caomhain, coigil, réitich, dean greim air.

SAVE, *prep.* Ach, saor o.

SAVER, *s.* Fear-sàbhalaidh, fear-saoraidh, fear-caomhnaidh.

SAVIN, *s.* Samhan.

SAVING, *adj.* 1. Frugal: caomhantach, gléidhteach. 2. not turning to loss: a' cumail neochaillteach.

SAVING, *prep.* Ach, saor o.

SAVING, *s.* 1. Escape of expense: saoradh, caomhnadh, gleidheadh. 2. exception in favour: saoradh, dol seachad.

SAVINGLY, *adv.* See Saving, *adj.*

SAVINGNESS, *s.* 1. Parsimony: gléidhteachd, spìocaireachd. 2. tendency to promote eternal salvation: sàbhailteachd.

SAVIOUR, *s.* Slànuighear, fear-saoraidh.

SAUNTER, *v. n.* Maillich, bi seamsanach, spaisdirich.

SAUNTERER, *s.* Drealaire, cnocaire.

SAVORY, *s.* Garbhag-gàraidh.

SAVOUR, *s.* 1. A scent, odour: boladh, fàileadh, boltrach. 2. taste: blas.

SAVOUR, *v. a.* et *n.* 1. Like, taste or smell with delight: gabh tlachd dheth, blais le tlachd. 2. betoken: amhairc coltach ri. 3. perceive, consider: gabh sùim, thoir fainear.

SAVOURILY, *adv.* See Savoury.

SAVOURINESS, *s.* Blasdachd, millseachd.

SAVOURY, *adj.* 1. To the smell: deadh bholtrach, cùbhraidh. 2. to the taste: blasda, taitneach.

SAUSAGE, *s.* Isbean, sablsair.

SAW, *s.* 1. A dentated instrument: tuiriosg, sàbh. 2. a saying, a maxim: gnàth-fhocal.

SAW, *v. a.* Sabh, gèarr le tuiriosg.

SAWER, SAWYER, *s.* Sàbhadair, fear-tuirisg.

SAXIFRAGE, *s.* Lus nan laogh.

SAXON, *s.* Sasunnach.

SAXON, *adj.* Sasunnach.

SAY, *v. a.* et *n.* Abair, innis, cuir an céill, aithris, labhair, dean bruidhean.

SAY, *s.* 1. A speech: labhairt, ràdh, còmhradh. 2. sample: sampull.

SAYING, *s.* Ràdh, abartas, briathar, sean-fhocal.

SCAB, *s.* Leus, càrr, broth, sgrìob, sgreabhag, claimh, cloimh.

SCABBARD, *s.* Truaill, duille.

SCABBED, *adj.* Leusach, carrach, sgreabach, brothach, claimheach, cloimheach, làn tachais, suarach, mosach gun fhiù.

SCABBEDNESS, SCABBINESS, *s.* Sgrìobach, càrr, claimh, tachas.

SCABBY, *adj.* See Scabbed.

SCABROUS, *adj.* 1. Rough, rugged: garbh, robach, neo-chòmhnard. 2. harsh, unmusical: neo-bhinn, neo-fhonnmhor, garbh.

SCABROUSNESS, *s.* Gairbhe.

SCAFFOLD, *s.* Sgàlan, lobhta.

SCAFFOLDAGE, *s.* Lobhta, sgàlan.

SCAFFOLDING, *s.* 1. Temporary frames or stages: sgàlain, lobhtachan. 2. building slightly erected: fàs-lomairt.

SCALADE, SCALADO, *s.* Toirt a mach baile le streap.

SCALD, *v. a.* Loisg le uisge teth, sgalld.

SCALD, *s.* 1. Scurf on the head: càrr, claimh, sgreab. 2. a burn, a hurt caused by hot water: losgadh, sgalldadh, ciùrradh le uisge teth.

SCALDHEAD, *s.* Càrr cinn.

SCALE, *s.* 1. A balance: sligee thomhais, clàrtomhais, meidh. 2. the sign libra in the zodiac: meidh na gréin-chrios. 3. the small shells which compose the coats of fishes: lann, sgamal. 4. a thin lamina: lann, rùsg, sgrath. 5. ladder: fàradh, dreimire. 6. the act of storming by ladders: toirt a mach le streap. 7. regular gradation: fàradh. 8. a figure subdivided by lines: riaghailt thomhais.

SCALE, *v. a.* et *n.* 1. By ladders: streap. 2. measure or compare: tomhais, cothramaich, coimeas. 3. strip off scales: sgroill, rùisg, sgrath. 4. pare off a sore face: rùisg. 5. peel off in thin particles: tuit, thig dheth mar rùsg.

SCALED, *adj.* Lannach, air am bheil lannan.

SCALINESS, *s.* Lannachd.

SCALL, *s.* Càrr cinn, luibhre, mùir.

SCALLED, *adj.* See Scabby.

SCALLOP, *s.* Creachan, creachainn, creachag.

Scallop, *v. a.* Preas, comharraich mar shlige chreachainn.

Scalp, *s.* 1. The scull, the cranium: claigeann. 2. the integuments of the head: còmhdach a' chlaiginn, mullach a' chinn.

Scalp, *v. a.* Thoir dheth craicionn a' chinn, fionn-claigeann.

Scalpel, *s.* Sgian léigh.

Scaly, *adj.* Lannach, sligeach, sgrathagach, sgroilleach.

Scamble, *v. a.* et *n.* 1. Mangle, maul: reub, stròic, mill. 2. be turbulent and rapacious: bi tuaireapach, faigh le comhstri, sgròbaich. 3. shift awkwardly: thoir ionnsuidh mhi-chinnteach.

Scambler. *s.* Sgimilear, bleidir.

Scamper, *v. n.* Teich le gioraig, thoir na casan as, bi triall.

Scan, *v. a.* 1. A verse: dean coisriomhadh. 2. examine nicely: sgrùd, rannsaich, feuch gu min.

Scandal, *s.* 1. Offence given: masladh, tàmailt, oilbheum. 2. reproachful aspersion: sgainneal, athais, mì-chliu.

Scandal, Scandalize, } *v. a.* 1. Treat opprobriously: càin, maslaich, thoir tàmailt do. 2. offend: thoir oilbheum do.

Scandalous, *adj.* 1. Giving public offence: sgainnealach, maslach, oilbheumach, tàmailteach. 2. opprobrious, disgraceful: tàmailteach, nàr, tàireil, maslach.

Scandalously, *adv.* See Scandalous.

Scandalousness, *s.* Oilbheumachd, tàmailteachd.

Scansion, *s.* Coisriomhadh.

Scant, *v. a.* Cumhangaich, cum a stigh.

Scant, *adj.* 1. Not plentiful, scarce: gann, tearc, gortach, spìocach. 2. wary, parsimonious: mìodhoir, spìocach.

Scant, *adv.* Gu gann, gu gortach, gu spìocach.

Scantily, *adv.* See Scanty.

Scantiness, *s.* 1. Narrowness, want of space: cuinge, gainnead. 2. want of liberality: mìodhoireachd, spìocaireachd, crìne.

Scantlet, *s.* Mìr, bloidh.

Scantness, *s.* See Scantiness.

Scanty, *adj.* 1. Narrow: cumhang, gann. 2. small, poor: beag, bochd. 3. sparing, parsimonious: gann, mìodhoir, spìocach, crion.

Scape, *v. a.* et *n.* See Escape, *v. a.* et *n.*

Scape-goat, *s.* Gabhar shaorta.

Scapula, *s.* Cnàimh slinnein, slinnean.

Scar, *s.* 1. A cicatrix: leus, ailt, aile. 2. a cliff of a rock: scòr, scòrr, sgòrr.

Scar, *v. a.* Cuir leus air, cuir ailt air.

Scarab, *s.* Daol, daolag.

Scarce, *adj.* 1. Parsimonious: gann, mìodhoir, spìocach, leibideach. 2. not plentiful: gann, tearc, ainmic, neo-phailt. 3. rare, not common: tearc, ainmic, gann, ainneamh.

Scarce, Scarcely, } *adv.* See Scarce.

Scarceness, Scarcity, } *s.* 1. Smallness of quantity: gainne, gainnead, ganntachd. 2. rareness: ainneamhachd.

Scare, *v. a.* Faitich, clisg, cuir eagal air, sgànraich fògair, fuadaich.

Scarecrow, *s.* Bodach, culaidh-eagail.

Scarf, *s.* Earrasaid, tonnag, sgiobal.

Scarf, *v. a.* 1. Throw loosely on: tilg thairis gu fuasgailt. 3. unite two pieces of timber together: alp.

Scarfskin, *s.* Craicionn, uachdar, sgannan.

Scarify, *v. a.* Sgor, riach.

Scarlet, *s.* Sgàrlaid.

Scarlet, *adj.* Trom-dhearg, air dhath sgàrlaid.

Scatches, *s.* Casan corrach.

Scate, *s.* 1. Slide over the ice: bròg-speilidh. 2. a fish: sgait, sòrnan.

Scate, *v. n.* Speil.

Scath, *v. a.* Caith, mill, sgath.

Scath, *s.* Caithcamh, milleadh, dolaidh, sgath.

Scathful, *adj.* Caiteach, millteach, dochannach, cronail, caillteach.

Scathless, *adj.* Gun mhilleadh, gun dochann.

Scatter, *v. a.* et *n.* Spairt, sgaoil, sgainnir, srad, crath, sgap, bi sgaoilte, bi sgapta.

Scattering, *s.* Sgaoileadh, sgapadh, crathadh.

Scatteringly, *adv.* Gu sgaoilteach, gu sgapta.

Scavenger, *s.* Tàrlaid, làbanach.

Scene, *s.* 1. The stage: tigh-cluiche, sgàlan tigh-cluiche. 2. appearance of any action: coltas, samhladh, taisbeanadh, sealladh. 3. of a play: roinn cluiche. 4. the place represented: ionad dèanadais. 5. the hanging of the theatre: croch-aodach tigh-cluiche.

Scenery, *s.* Coltas, samhladh, dreach, tuar, ionad dèanadais.

Scent, *s.* Boladh, fàileadh, boltrach, lorg.

Scent, *v. a.* 1. Smell: bol, gabh fàileadh, fairich fàileadh, no àile. 2. perfume: dean cùbhraidh.

Scentful, *adj.* 1. Odorous: fàileanach, cùbhraidh. 2. quick of smell: fàileanta.

Sceptre, *s.* Righ-cholbh, slat rìoghail, slat-shuaicheantais, righ-shlat.

Sceptic, *s.* Fear teagamhach, fear-cuir an ag.

Sceptical, *adj.* Teagamhach, agail, mi-chreidmheach, amharusach.

Sceptically, *adv.* See Sceptical.

Scepticism, *s.* Amharus, teagamh, mi-chreideamh.

Schedule, *s.* Ròl paipeir, sgrìobhadh.

Scheme, *s.* Dealbh, dreach, samhladh, innleachd, dòigh, seòl.

Scheme, *v. a.* Dealbh, cum, dreach, tionnsgain.

Schemer, *s.* Fear-deilbh, fear-tionnsgnaidh.

Schism, *s.* Eas-còrdadh, eas-aont, eas-aontachadh, dealachadh, sgaradh, eas-aontachd.

Schismatic, *s.* Fear-tréigsinn na h-eaglais.

Schismatical, *adj.* Easaontach, aimhreiteach.

Scholar, *s.* Sgoilear, foghlumaiche, duin' ionnsuichte.

Scholarship, *s.* Sgoilearachd, ionnsachadh, foghlum, oilean.

Scholastic, Scholastical, } *adj.* Sgoilearach, sgoileara.

Scholiast, *s.* Fear-mìneachaidh.

Scholium, *s.* Mìneachadh.

SCHOOL, *s.* Tigh-sgoile, oil-thigh, teagasg, foghlum.
SCHOOL, *v. a.* Teagaisg, ionnsuich, foghluim.
SCHOOLBOY, *s.* Sgoilear, giollan, balachan.
SCHOOLDAME, *s.* Ban-mhaighstir sgoile.
SCHOOLFELLOW, *s.* Comh-sgoilear.
SCHOOLHOUSE, *s.* Tigh-sgoile, tigh-foghluim.
SCHOOLING, *s.* 1. Instruction: teagasg, foghlum, ionnsachadh, oilean. 2. school-hire: tuarasdal maighstir-sgoile. 3. a sort of reprimand: trod.
SCHOOLMAN, *s.* Àrd-sgoilear connspuideach.
SCHOOLMASTER, *s.* Maighstir-sgoile.
SCHOOLMISTRESS, *s.* Ban-mhaighstir-sgoile.
SCHOONER, *s.* Long dà chrann.
SCIATIC, SCIATICA, *s.* Lòini, ronn-ghalar, siataig.
SCIENCE, *s.* Ealadh, eòlas, fiosrachadh, eagnachd, eagnaidheachd, ealdhain.
SCIENTIFIC, SCIENTIFICAL, *adj.* Eagnuidh, ealdhanach, ionnsuichte.
SCIENTIFICALLY, *adv.* See Scientific.
SCIMITAR, *s.* Cuinnsear, claidheamh crom.
SCION, *s.* Faillean, fiùran, ùr-fhàs.
SCIRRHUS, *s.* Pluc, at fàireig, beum-sice.
SCISSOR, *s.* Bearradan.
SCISSURE, *s.* Sgàineadh, sgoltadh, reubadh, sracadh, gàg.
SCLEROTIC, *adj.* Cruaidh.
SCOAT, *v. a.* Cuir stad air cuibhle le cloich.
SCOFF, *v. a.* et *n.* Mag, sgeig, fochaidich, dean sgeig, dean fanoid.
SCOFF, *s.* Magadh, sgeig, fochaid, fanoid.
SCOFFER, *s.* Sgeigeir, fanaidiche, fear-fochaid, fear-magaidh, cnabaire.
SCOFFINGLY, *adv.* Gu sgeigeil, gu fanaideach, gu magail.
SCOLD, *v. a.* et *n.* Thoir trod do, cronaich, càin.
SCOLD, *s.* 1. A clamorous and rude quarrel: trod, troid, sglamhruinn, cronachadh sgaiteach, beòlum. 2. a clamorous foul-mouthed woman: tè sgaiteach, caile sglamhruinneach, bàirseach.
SCOLDER, *s.* Neach sgaiteach, neach trodach, bàirseach.
SCOLLOP, *s.* Creachan, creachainn.
SCONCE, *s.* 1. A fort: dìon, dìdean, dùn. 2. the head: ceann. 3. a fine: ùmhladh.
SCOOP, *s.* Liadh, ladar, taoman.
SCOOP, *v. a.* 1. Lade out: taom, cuir a nach le ladar. 2. cut into hollowness: cladhaich, tochail.
SCOPE, *s.* 1. Aim, intention: rùn, miann, dùrachd. 2. thing aimed at: crìoch, ni 's an amharc. 3. room, space: rùm, àite. 4. freedom: saorsa, fuasgladh.
SCOPULOUS, *adj.* Creagach, clachach, garbh.
SCORBUTIC, SCORBUTICAL, *adj.* Carrach, cloimheach, sgreabach, tachasach.
SCORCH, *v. a.* et *n.* Sgàld, doth, sgreag, tiormaich, gread.
SCORE, *s.* 1. A notch: sgrìob, eag, sgrìoch. 2. a line drawn: sgrìob, sgrìoch, sreath. 3. an account: cunntas, fiachan. 4. debt imputed: fiachan. 5. reason, motive: aobhar, reuson. 6. sake, account: sgàth, aobhar. 7. twenty: fichead.
SCORE, *v. a.* 1. Mark, engrave: gèarr. 2. mark by a line: sgrìob, tarruing sgrìob. 3. set down as debt: cuir an cunntas fhiachan. 4. impute, charge: cuir air, cuir as leth.
SCORIA, *s.* Smùrach, stùr.
SCORN, *v. a.* et *n.* 1. Despise, slight: cuir an dìmeas, dean tàir, cuir an suarachas, fochaidich. 2. neglect, disregard: cuir an dìmeas, cuir an suarachas, cuir an neo-shuim. 3. disdain: na bu diù leat, na b' fhiù.
SCORN, *s.* 1. Contempt, scoff: tàir, tarcuis, dìmeas. 2. subject of ridicule: culaidh-bhùird, ball-fochaid, ceòl gàire.
SCORNER, *s.* Fanaidiche, sgeigeir, fear-fochaid, fear-magaidh.
SCORNFUL, *adj.* Tàireil, tarcuiseach, dìmeasach, fanoideach, fochaideach, magail, àiteagach, beud-fhochaideach.
SCORNFULLY, *adv.* See Scornful.
SCORNING, *s.* Fanoid, fochaid.
SCORPION, *s.* Scorpion.
SCOT, *s.* 1. Shot, payment: dìoladh, pàidheadh. 2. *scot and lot:* cìs sgìreachd. 3. a native of Scotland: Albannach.
SCOT-FREE, *adj.* Saor, tèaruinte.
SCOTCH, *v. a.* Sliseagaich.
SCOTCH, *s.* Gearradh eutrom, gearradh beag.
SCOTCH, SCOTISH, SCOTTISH, *adj.* Albannach.
SCOUNDREL, *s.* Slaightear, crochair, daidhear.
SCOUNDREL, *adj.* Olc, mi-bheusach, aingidh.
SCOUR, *v. a.* et *n.* Sgùr, suath, sgrìob gu teann, glan, purgaidich, nigh, cairt, sgànraich, glàn na crìochan, ruith thairis, ruith, teich, thoir na casan as.
SCOURER, *s.* Fear-sgùraidh, fear-glanaidh, purgaid-sgùraidh, fear luath-chasach.
SCOURGE, *s.* Sgiùrs, sgiùrsa, sgiùrsair, sgiùrsadh.
SCOURGE, *v. a.* Sgiùrs, peanasaich.
SCOURGER, *s.* Sgiùrsair, fear-smachdachaidh.
SCOURGING, *s.* Sgiùrsadh.
SCOUT, *s.* Fear-brathaidh, fear-beachdachaidh o's ìosal air nàmhaid, fear-coimhead.
SCOUT, *v. n.* Beachdaich air gluasad nàmhaid, brath.
SCOWL, *v. n.* Cuir gruaim ort, bi fuidh ghruaim, amhairc goilleach.
SCOWL, *s.* Gruaim, goill, sgreang, mùig.
SCRABBLE, *v. n.* Sgrìob, sgròb, smeuraich.
SCRAG, *s.* Feòil bhochd, conablach, ablach.
SCRAGGED, *adj.* Cruaidh, garbh, torranach, creagach.
SCRAGGEDNESS, SCRAGGINESS, *s.* 1. Leanness: caoile. 2. unevenness, roughness: neo-chòmhnairdeachd, gairbhead.
SCRAGGILY, *adv.* See Scraggy.
SCRAGGY, *adj.* 1. Lean: caol, bochd, tana, reangach, cruaidh. 2. rough, rugged: garbh, neo-chòmhnard.

SCRAMBLE, *v. n.* Sgròb, smeuraich, streap, bi smògairt.

SCRAMBLE, *s.* 1. Eager contest : strì, comh-strì, coimh-shrèip. 2. act of climbing : streap, smògairt.

SCRAMBLER, *s.* 1. One that scrambles : fear-coimhshrèip. 2. one that climbs : fear-streapaidh.

SCRAP, *s.* 1. A small particle : criomag, mìr. 2. crumb : bruanag, fuigheall, bìdeag. 3. of paper : crioman pàipeir.

SCRAPE, *v. a.* et *n.* 1. With a sharp instrument : sgrìob, sgròb, sgroill, piorr. 2. erase : sgrìob as. 3. gather : cruinnich, sgrìob, tionail, trus. 4. make a harsh noise : bi dìosganaich, sgreuch. 5. play ill on a fiddle : sgreuch, bi sgrìobadh.

SCRAPE, *s.* 1. Difficulty, perplexity : cruaidh-chas, teugmhail, éigin, teanntachd, droch càs. 2. the sound of the foot drawn over the floor : sgrìob. 3. a bow : ùmhlachd phliutach, siùchd.

SCRAPER, *s.* 1. With which any thing is scraped : sgrìobadair. 2. a miser : sgreagair, spìocair. 3. a vile fiddler : fidhleir rongach.

SCRATCH, *v. a.* 1. Tear with slight incisions : sgrìob, sgròb. 2. with the nails : suath, tachais, sgrìob.

SCRATCH, *s.* Sgrìob, sgrìobadh, sgròbadh, sgoradh.

SCRATCHER, *s.* Fear-sgrìobaidh.

SCRAW, *s.* Sgrath, rùsg.

SCRAWL, *v. a.* et *n.* 1. Draw or mark irregularly or clumsily : sgrìob, sgròb. 2. write unskilfully : sgrìobh gu cearbach. 3. creep like a reptile : snàig.

SCRAWL, *s.* Droch sgrìobhadh, sgròbadh, sgrìobadh.

SCREAK, *v. n.* Sgreuch, sgiamh, sgairtich, sgread.

SCREAK, *s.* Sgreuch, sgriamh, sgread, sgairt.

SCREAN, *v. n.* Sgreuch, sgiamh, sgairtich, sgread, ràn, raoic, sian.

SCREAM, *s.* Sgreuch, sgiamh, sgread, ràn, raoic, iach.

SCREAMER, *s.* Sgreuchag, sgreadair.

SCREECH, *v. n.* Sgreuch, sgread, glaodh, éigh.

SCREECH, *s.* Sgreuch, sgread, sgairt, glaodh.

SCREECHOWL, *s.* Screuchag-oidhche.

SCREEN, *s.* 1. That affords shelter or concealment : sgàil, fasgadh, dìon, tèarmunn. 2. to exclude cold or light : sgàil, sgàilean. 3. a riddle to sift sand : rideal.

SCREEN, *v. a.* 1. Shelter, conceal : cuir an dìon, cuir fuidh sgàil, ceil, cuir am fasgadh. 2. sift, riddle : criathair, ridil.

SCREW, *s.* Bidhis, sgrobha.

SCREW, *v. a.* 1. Turn or move by a screw : cuir mu 'n cuairt le bidhis. 2. fasten by a screw : teannaich le bidhis, teannaich. 3. deform by contortions : sream, cuir sgreang air. 4. force : teannaich, cuir chuige. 5. squeeze, press : dinn, sginn, pùc.

SCRIBBLE, *v. a.* et *n.* 1. Fill with worthless writing : sgròb, sgrìob, sgrìobh gu cearbach. 2. comb wool : càrd, cìr. 3. write without care : sgrìob, dean droch sgrìobhadh.

SCRIBBLE, *s.* Sgrìobadh, droch sgrìobhadh, sgrìobhadh cabhagach.

SCRIBBLER, *s.* Sgrìobadair, droch sgrìobhadair.

SCRIBE, *s.* 1. A writer : sgrìobhair, sgrìobhadair. 2. a public notary : sgrìobhadair. 3. a Jewish teacher : sgrìobhach.

SCRIP, *s.* 1. A small bag : balg, màileid, màla, sporan. 2. a schedule : duilleag sgrìobhaidh.

SCRIPTURAL, *adj.* Sgriobtuireach.

SCRIPTURE, *s.* 1. Writing : sgrìobhadh. 2. sacred writing : sgriobtuir.

SCRIVINER, *s.* Sgrìobhadair, fear-cuir air riadh, fear-ocair.

SCROFULA, *s.* Tinneas an righ, easba-bràghaid.

SCROFULOUS, *adj.* Silteach, tinn le easba-bràghaid.

SCROLL, *s.* Ròla, rol.

SCRUB, *v. a.* Suath, sgùr, glàn, nigh.

SCRUB, *s.* 1. A mean fellow : spìocair, trusdair, fear mìodhoir. 2. any thing mean or despicable : rud suarach, ni dìblidh. 3. a worn out broom : sguabach lom.

SCRUBBED, } *adj.* Mìodhoir, spìocach, suarach, crìon.
SCRUBBY, }

SCRUPLE, *s.* 1. Doubt : sgrubadh, obadh, ag imcheist, teagamh, iomachomhairle. 2. twenty grains : fichead gràinnean.

SCRUPULOSITY, *s.* Sgrubadh, min theagamh, amharus, obadh.

SCRUPULOUS, *adj.* 1. Nicely doubtful : sgrubail, agail. 2. captious : amharusach, teagamhach. 3. careful : cùramach, faicilleach.

SCRUPULOUSLY. *adv.* See Scrupulous.

SCRUPULOUSNESS, *s.* See Scrupulosity.

SCRUTABLE, *adj.* So-rannsachaidh, so-sgrùdaidh.

SCRUTINIZE, } *v. a.* Rannsaich, sgrùd, min-rannsaich, ceasnaich, min-cheasnaich.
SCRUTINY, }

SCRUTINY, *s.* Rannsachadh, sgrùdadh, fidreachadh, ceasnachadh, min-cheasnachadh.

SCUD, *v. a.* et *n.* Ruith, teich, rach 'n ad dheannaibh.

SCUFFLE, *s.* Iorghuill, sabaid, buaireas, caonnag.

SCUFFLE, *v. n.* Còmhraig, dean sabaid, dean iorghuill.

SCULK, *v. n.* Luidh am folach, folaich, teich, èalaidh.

SCULL, *s.* 1. The bone which incases the brain : claigeann, claigionn. 2. a cockboat : geòla, eithear.

SCULLER, *s.* 1. A cockboat : geòla, eithear, bàta beag. 2. one that rows a cockboat : ràmhaich, gille geòla.

SCULLERY, *s.* Aite nan soithichean, cùil nam poitean.

SCULLION, *s.* Sguidilear, dubh-chaile, tàrlaid.

SCULPTOR, *s.* Grabhaltaich, fear-gearraidh, dualaiche, dualadair.

SCULPTURE, *s.* 1. The art of carving wood or hewing stone into images : dualadh, condualadh, grabhaladh, innleachd snaidhidh. 2. carved work : dualadh, grabhaladh.

SCULPTURE, *v. a.* Snaidh, gèarr, grabhal.

SCUM, *s.* Cobhar, sgùm, barrag, cop, deireadh, drabhas, dràbhag.

SCUM, *v. a.* Sgùm, thoir cobhar dheth.

SCURF, *s.* Càrr, sgreab, sgrath, salchar, sgrath, sgroill.

Scurfy, *adj.* Sgreabach, carrach, cloimheach.
Scurrile, *adj.* Sglumhruinneach, tàireil, amasguidh.
Sscurrility, *s.* Sglamhruinn, draosdachd, amasguidheachd, éisgealachd.
Scurrilous, *adj.* Sglamhruinneach, draosda, amasguidh, éisgeil, easganta, ana-cainnteach, gothanach.
Scurrilously, *adv.* See Scurrilous.
Scurrilousness, *adv.* See Scurrility.
Scurvily, *adv.* See Scurvy, *adj.*
Scurvy, *adj.* 1. Scabbed: sgreabach, cloimheach, carrach. 2. vile, bad: suarach, mìodhoir, leibideach, neo-fhiachail, crion.
Scurvy, *s.* Sgreabh, tachas, càrr, claimh thioram, breac-shìth.
Scurvy-grass, *s.* Lus-nam-mial, carran.
Scutcheon, *s.* See Escutcheon.
Scuttle, *s.* 1. A wide shallow basket: sgùlan, croileag. 2. a small grate: creitheal-theine bheag. 3. a quick pace: ruith, dean ruith.
Scuttle, *v. n.* Ruith le cabhag.
Scythe, *s.* Speal, fàladair.
Sea, *s.* 1. The ocean: muir, cuan, fairge, ùibheis, lear, tabh. 2. a collection of water, a lake: loch, muir.
Seabank, *s.* Tràigh.
Seaboy, *s.* Giollan soithich, giollan luinge.
Seacalf, *s.* Ròn.
Seachart, *s.* Cairt-iùil.
Seacoast, *s.* Tràigh, taobh na mara, slios na mara.
Seacow, *s.* Muc mhara.
Sea-eel, *s.* Creagag.
Seafarer, *s.* Maraiche, seòladair, fear siubhail cuain.
Seafaring, *s.* Maraidheachd, siubhal cuain.
Seagreen, *adj.* Uaine, gorm, air dhath na mara.
Seagull, *s.* Faoileag, faoileann.
Seahog, *s.* Péilig, cana.
Seahorse, *s.* Each-uisge.
Seal, *s.* 1. A stamp engraved: seul, saoil. 2. impression made: làrach seula, saoil. 3. act of confirmation: aonta, saoil. 4. a sea-calf: ròn.
Seal, *v. a.* et *n.* 1. Fasten with a seal: seulaich, seul. 2. confirm: cuir seul air, seulaich, dean cinnteach. 3. shut, close: dùin, druid. 4. make fast: teannaich, daingnich. 6. mark with a stamp: saoil. 7. fix a seal: saoil, cuir seul air.
Sealing, *s.* Seuladh, seulachadh, cur saoil air.
Seam, *s.* 1. Two edges of cloth sewed together: fàitheam, fuaigheal. 2. of planks in a ship: fuaigheal, tàthadh, aonadh. 3. a scar: leus, ailt. 4. tallow, grease: geir, muc-bhlonag.
Seam, *v. a.* 1. Join together by suture: fuaigh, tàth. 2. mark: cuir ailt air, comharraich le sgoraibh.
Seamaid, *s.* Maighdean mhara.
Seaman, *s.* 1. A sailor: seòladair, maraiche. 2. the male of the mermaid: bodach cuain.
Seamanship, *s.* Seòladaireachd, maraidheachd.
Seamew, *s.* Faoileag, faoileann.
Seamless, *adj.* Gun fhuaigheal, a dh' aon mhìr.
Seamrent, *s.* Fosgladh fuaigheil, sracadh fuaigheil.
Seamstress, *s.* Ban-fhuaighealaich.
Seamy, *adj.* Làn fuaigheil.
Sean, *s.* Eangach, lìon glacaidh.
Seaport, *s.* Cala, long-phort, acarsaid.
Searoom, *s.* Réidh-mhuir.
Sear, *v. a.* 1. Burn: loisg, loisg le iarunn. 2. wither, dry: tiormaich, gread.
Searce, *v. a.* Criathair.
Searce, *s.* Criathar.
Search, *v. a.* et *n.* 1. Examine, try: rannsaich, sgrùd, sir, rùdhraich. 2. seek for: iarr, feòraich, rannsaich, sir, fidrich. 3. search *out*: faigh a mach. 4. make inquiry: feòraich, fidrich, farraid.
Search, *s.* 1. Inquiry: sireadh, rannsachadh, sgrùdadh. 2. examination: rannsachadh, ceasnachadh. 3. quest: iarraidh, fidreachadh, feorachd.
Searcher, *s.* 1. Examiner, trier: rannsachair, rannsaiche, fear-sgrùdaidh. 2. seeker, inquirer: fear-iarraidh, iarradair.
Searching, *s.* Rannsachadh, sireadh, sgrùdadh, iarraidh.
Seashore, *s.* Tràigh, taobh mara, slios mara, cladach.
Seasickness, *s.* Tinneas mara, cur mara.
Season, *s.* 1. One of the four parts of the year: aimsir. 2. a time: àm, tìm, aimsir, tràth. 3. a fit time: ùine, cothrom. 4. that which gives a high relish: blas.
Season, *v. a.* et *n.* 1. Mix with food any thing that gives a high relish: dean blasda, cuir blas air. 2. give a relish to: dean taitneach. 3. imbue, tinge or taint: bean, buin, cuir dreach air. 4. mature: cleachd, dean ri. 5. become mature: fàs iomchuidh, fàs freagarrach. 6. betoken, savour: nochd, taisbean.
Seasonable, *adj.* Amail, tìmeil, tràthail, amanta.
Seasonableness, *s.* Amantachd, deadh thìm, tìomalachd.
Seasonably, *adv.* See Seasonable.
Seasoning, *s.* Blasdachd, annlann.
Seat, *s.* 1. For sitting: àite suidhe, suidhe, suidheachan, being, cathair. 2. chair of state: cathair rìoghail, righ-chathair. 3. mansion: aitreabh, tigh-còmhnuidh, àros, tàmh-ionad. 4. situation, site: ionad, àite.
Seat, *v. a.* 1. Cause to sit down: cuir 'n a shuidhe. 2. fix: suidhich, socraich.
Seawater, *s.* Sàile, sàl.
Secede, *v. n.* Tréig, sgar o, dealaich, fàg.
Seceder, *s.* Fear-tréigsinn, fear-dealachaidh.
Secern, *v. a.* Criathair, sgar, eadar-sgar.
Secession, *s.* Falbh, triall, tréigsinn, fàgail, sgaradh, dealachadh.
Seclude, *v. a.* Dùin, druid, dealaich, cuir air leth.
Seclusion, *s.* Dùnadh a mach, eadar-dhealachadh, druideadh air falbh.
Second, *adj.* Dara, dàrna, a' s faisge.
Second, *s.* 1. In a duel: fear-cobhair. 2. a supporter: fear-còmhnaidh, fear-cuideachaidh. 3. the sixtieth part of a minute: min uair, tiota.
Second, *v. a.* 1. Support, forward, assist: cuidich, cobhair, cum suas, rach 'n a leisgeul. 2. follow: lean, imich as déigh.
Secondarily, *adv.* See Secondary.
Secondary, *adj.* 1. Not primary: dara, dàrna, an

ath. 2. subordinate: ìochdrach, ni 's ìsle. 3. not of the first order or rate: dara, dàrna.

Secondary, *s.* Fear-ionaid, fear-seasaimh àite.

Seasonder, *s.* Fear-cuideachaidh.

Second-hand, *s.* Ath-ghnàthachadh, ath-shealbhachadh.

Secondly, *adv.* 'S an dara h-àite.

Second sight, *s.* Taibhsearachd, dà-shealladh.

Secondrate, *s.* Dara inbhe, dara h-òrdugh.

Secrecy, *s.* 1. Privacy, concealment: dìomhaireachd, dìomhaireas, folach. 2. solitude, retirement: dìomhaireachd, uaigneas. 3. forbearance of discovery: dìomhaireachd, rùn. 4. fidelity to a secret: rùn, cumail rùin.

Secret, *adj.* 1. Kept hidden: dìomhair, folaichte. 2. retired, private: dìomhair, folaichte, uaigneach. 3. faithful to a secret: dìleas. 4. occult: dìomhair, neo-shoilleir. 5. privy, obscure: folaichte, dìomhair.

Secret, *s.* 1. Something studiously hidden: rùndìomhair, dìomhaireachd, rùn. 2. something not yet discovered: dìomhaireachd, ni folaichte. 3. privacy, secrecy: dìomhaireachd, uaigneas.

Secret, *v. a.* Ceil, folaich, cum am folach.

Secretary, *s.* Rùnair, rùn-chléireach, fear-rùin.

Secrete, *v. a.* 1. Put aside, hide: dìomhairich, ceil, folaich. 2. secern, separate: dealaich, sìothlaidh, sgar.

Secretion, *s.* Dealachadh, sìoladh, eadar-sgaradh leann-tàth.

Secretly, *adv.* See Secret, *adj.*

Secretness, *s.* Dìomhaireachd, uaigneachd.

Sect, *s.* Dream, droing, luchd comh-bharail, luchd leanmhuinn, luchd saobh-chreidimh.

Sectarian, *adj.* A' dol air leith.

Sectarianism, Sectarism, *s.* Dealachadh o 'n chreideamh shuidhichte.

Sectary, *s.* 1. One who divides from a public establishment: fear-dealachaidh o 'n eaglais choitchionn. 2. a follower: fear-leanmhuinn, deisciobul.

Section, *s.* Earrann, roinn, gearradh.

Sector, *s.* Roinneadair.

Secular, *adj.* 1. Not spiritual: saoghalta, talmhaidh. 2. not bound by monastic rules: neomhanachail. 3. in a century: a' teachd 's gach ceud bliadhna.

Secular, *s.* 1. A layman: fear nach buin do 'n chléir. 2. an ecclesiastic in the church of Rome not bound by monastic rules: sagart.

Secularity, *s,* Saoghaltachd, talmhaidheachd.

Secularize, *v. a.* Dean saoghalta, dean talmhaidh.

Secure, *adj.* 1. Free from fear: tèaruinte, neochunnartach. 2. confident, not distrustful: muinghinneach, misneachail, tèaruinteach. 3. sure, not doubting: cinnteach, earbsach, dòchasach. 4. careless: neo-chùramach, neo-fhaicilleach. 5. free from danger, safe: tèaruinte, sàbhailt.

Secure, *v. a.* 1. Make certain: dean cinnteach, cuir á cunnart, dean diongmhalta, gabh aig. 2. protect: tèarn, teasraig, sàbhail, saor, tèaruinn.

Securely, *adv.* See Secure, *adj.*

Secureness, *s.* Tèaruinteachd, mi-chùram.

Security, *s.* 1. Carelessness, freedom from fear: tèaruinteachd, cion faicill, mi-chùram. 2. want of proper vigilance: mi-chùram neo-shuim, cion faicill. 3. protection, defence: dìon, dìdean, tèarmunn. 4. safety, certainty: cinnteachd, barantas.

Sedan, *s.* Cathair-giùlain, cathair-iomchair.

Sedate, *adj.* Ciùin, sèimh, socrach, stòlda, suidhichte.

Sedately, *adv.* See Sedate.

Sedateness, *s.* Ciùine, sèimheachd, stòldachd, tosdalachd.

Sedentariness, *s.* Suidhe, gnàth shuidhe.

Sedentary, *adj.* 1. Passed in sitting still: a' suidhe. 2. torpid, inactive: trom, marbhanta, leasg.

Sedge, *s.* Seilisdeir caol, gall-sheilisdeir.

Sedged, Sedgy, *adj.* Seilisdeireach.

Sediment, *s.* Grunndas, grunnasg, dràbhag, dèasgann.

Sedition, *s.* Ceannairc, àr a mach, éirigh, buaireas.

Seditionary, *s.* Fear-togail ceannairc.

Seditious, *adj.* Ceannairceach, buaireasach, easumhal, mi-dhìleas.

Seditiously, *adv.* See Seditious.

Seditiousness, *s.* Ceannairc, buaireas.

Seduce, *v. a.* Thoir a thaobh, meall, tàlaidh gu aimhleas, buair.

Seducement, *s.* Toirt a thaobh, mealladh, tàladh, buaireadh.

Seducer, *s.* Mealltair, fear-meallaidh, buaireadair, fear-tàlaidh gu aimhleas.

Seducible, *adj.* So-mheallaidh, so-bhuairidh.

Seduction, *s.* See Seducement.

Seductive, *adj.* Meallta, tarruingeach.

Sedulity, *s.* Dìchioll, sìor dhèanadas.

Sedulous, *adj.* Dìchiollach, dùrachdach, saoithreachail, gnìomhach.

Sedulously, *adv.* See Sedulous.

Sedulousness, *s.* Dìchioll, gnìomhachd, sìor dhèanadas.

See, *s.* Cathair-easbuig.

See, *v. a.* et *n.* 1. By the eye: faic, amhairc, seall. 2. observe: faic, thoir fainear. 3. discover: faic, seall, beachdaich. 4. converse with: faic, labhair ri. 5. attend: beachdaich, thoir fainear. 6. have the power of sight: seall, amhairc, faic. 7. discern without deception: faic, beachdaich. 8. inquire: faic, beachdaich, dearc, thoir fainear. 9. scheme, contrive: dealbh, suidhich, tionnsgain.

See, *interj.* Feuch! faic! seall! amhairc!

Seed, *s.* 1. Of plants or animals: sìol, fras. 2. first principle: tùs, bun, freumh. 3. progeny: sìol, sliochd, pòr, gineal. 4. race, generation: àl, ginealach.

Seed, *v. n.* Sìolaich, abuich, cuir fras dhiot.

Seeded, *adj.* A' tilgeadh froise.

Seedling, *s.* Faillean, fiùran, càilean.

Seedsman, *s.* Fear-cuir.

Seedtime, *s.* Àm cuir an t-sìl, earrach.

Seedy, *adj.* Sìolmhor, làn sìl, càileanach.

Seeing, *s.* Fradharc, sealladh, léirsinn, faicinn.

Seeing, } Seeing that, } *adv.* A chionn, do bhrìgh, a thaobh.

Seek, *v. a.* et *n.* 1. Search for: iarr, sir, rannsaich. 2. solicit: iarr, sir. 3. make search: feòraich, fidrich. 4. endeavour: thoir oidhirp, feuch r̄i. 5. make pursuit: iarr, lean, bi air tòir.

Seeker, *s.* Fear-iarraidh, iarradair, rannsachair.

Seel, *v. n.* Aom gu taobh.

Seem, *v. n.* 1. Appear: bi coltach, samhlaich, amhairc mar. 2. it seems to me: a r̄éir mo bharail-sa, tha e coltach r̄i. 3. it seems: tha e coltach.

Seemer, *s.* Fear-coltais, fear-deadh r̄iochd.

Seeming, *s.* 1. Appearance: coltas, sealladh. 2. fair appearance: deadh choltas, riochd maith. 3. opinion: barail.

Seemingly, *adv.* A r̄éir coltais.

Seemingness, *s.* 1. Plausibility: riochdalachd, deadh choltas. 2. appearance: coltas, aogas, dreach.

Seemliness, *s.* Ciatachd, eireachdas, maise, bòidhchead, riochdalachd.

Seemly, *adj.* Eireachdail, ciatach, maiseach, cubhaidh, iomchuidh, aogasach.

Seen, *adj.* Eòlach, teòma, fiosrach.

Seer, *s.* 1. One who sees: fear-faicinn. 2. a prophet: fear-seallaidh, fiosaiche, fàidh.

Seesaw, *s.* Ùdalanachd.

Seesaw, *v. n.* Ùdail.

Seethe, *v. a.* et *n.* Goil, bruich, bi goil, bi teth.

Seether, *s.* Goileadair, coire, aghann.

Segment, *s.* Bearra, bloidh cearcaill, mìr de chuairt.

Segregate, *v. a.* Dealaich, cuir air leth, sgar, cuir a thaobh.

Seizable, *adj.* So-ghlacaidh.

Seize, *v. a.* 1. Take hold of: greimich, glac, beir air. 2. by force: dean greim air, cuir làmh air. 3. put in possession of: cuir an seilbh. 4. fasten, fix: teannaich, suidhich, daingnich.

Seizer, *s.* Fear-greimeachaidh, fear-dèanaimh greim.

Seizin, *s.* Gabhail seilbh.

Seizure, *s.* 1. The act of seizing: glacadh, greimeachadh, fasdadh. 2. the thing seized: glacadh. 3. the act of taking forcible possession: deanamh greim, glacaireachd, greimeachadh, glacadh seilbh. 4. gripe, possession: greimeachadh, sealbhachadh. 5. catch: greim.

Seldom, *adv.* Ain'mig, ainm'nic, tearc, gu neo-choitchionn.

Seldom, *adj.* Ainneamh, annasach, neo-choitchionn.

Select, *v. a.* Tagh, sònruich, roghnaich.

Select, *adj.* Taghta, sònruichte, roghnaichte.

Selection, *s.* Taghadh, sònruchadh, roghnachadh, roghainn.

Selector, *s.* Taghadair, fear-roghnachaidh.

Self, *pron.* Féin, fhéin.

Selfish, *adj.* Féineil, féin-spéiseil.

Selfishness, *s.* Féineachas, féin-spéis, féin.

Selfishly, *adv.* See Selfish.

Selfsame, *adj.* Ionann, ceart-ionann, ceudna.

Sell, *v. a.* et *n.* Reic, creic, bi reic, dean malairt.

Seller, *s.* Reiceadair, fear-reic.

Selvage, } Selvidge, } *s.* Oir, fàitheam.

Semblance, *s.* 1. Likeness, resemblance: coltas, samhladh. 2. appearance, shew, figure: dreach, cruth, aogas.

Semi, *s.* Leth.

Semicolon, *s.* Punc stad mar (;)

Seminal, *adj.* 1. Belonging to seed: pòrach, do shìol. 2. contained in the seed, radical: freumhail, bunabhasach.

Seminary, *s.* 1. The ground where any thing is sown: lios froise. 2. principle, causality: bun, freumh. 3. a school: sgoil, àit' ionnsachaidh, tigh-oilein.

Semination, *s.* Siol-chur, curachd, sìolachadh.

Semivowel, *s.* Leth-fhoghair.

Sempiternal, *adj.* Buan-mhaireachduinn, bithbhuan, sìorruidh.

Senary, *adj.* Sèathnar.

Senate, *s.* Seanadh, àrd-sheanadh, àrd-chombairle.

Senator, *s.* Seanair, àrd-chomhairleach.

Senatorial, } Senatorian, } *adj.* Seanaireach, pàrlamaideach.

Senatorially, *adv.* See Senatorial.

Senatorship, *s.* Seanaireachd.

Send, *v. a.* et *n.* 1. Dispatch: cuir, cuir air theachdaireachd. 2. commission by authority: cuir, cuir fios le. 3. grant as from a distant place: cuir, deònaich. 4. emit, produce: cuir a mach. 5. diffuse, propagate: sgaoil, craobh-sgaoil. 6. rach air theachdaireachd. 7. send *for*: cuir fios.

Seneschal, *s.* Stiùbhard, àrd-fhear sùl an tigh mòr.

Senile, *adj.* Sean, aosmhor, aosda.

Senior, *s.* 1. One older than another: fear a 's sine. 2. an aged person: sean duine, seanair.

Seniority, *s.* Sinead, aosdachd, barrachd aois, urram na h-aoise.

Sensation, *s.* Mothachadh, faireachduinn, faireachadh, càil.

Sense, *s.* 1. By which external objects are perceived: mothachadh, faireachduinn, càil. 2. perception: mothachadh, faireachduinn, faireachadh, càil. 3. of intellect: tuigse, ciall, tùr. 4. sensibility: beò-fhaireachduinn, geur-mhothachadh. 5. understanding: toinisg, tùr, ciall, càil, tuigse. 6. reasonable meaning: reusan, seadh, ciall, tùr. 7. opinion: barail, beachd. 8. consciousness: féin-fhiosrachd. 9. meaning, import: ciall, seadh, brìgh.

Senseless, *adj.* 1. Wanting sense or life: neo-mhothachail, marbh. 2. unfeeling: gun fhaireachduinn, gun truas. 3. unreasonable, stupid: neo-thuigseach, baoghalta, gun chiall, gun tùr, gun toinisg. 4. contrary to reason: mi-r̄eusonta, gun seadh. 5. wanting knowledge: aineolach.

Senselessly, *adv.* See Senseless.

Senselessness, *s.* Amaideachd, mi-r̄eusontachd.

Sensibility, *s.* 1. Sensibleness, perception: mothachadh, faireachduinn. 2. quickness of sensation: geur-mhothachadh, beò-fhaireachduinn.

Sensible, *adj.* 1. Having the power of perceiving by the senses: a' mothachadh, mothachail, a' fair-

eachduinn. 2. perceived by the mind: mothachail. 3. having quick intellectual feeling: mothachail, beothail, a' toirt fainear. 4. reasonable, judicious: tùrail, tuigseach, glic, ciallach.

Sensibly, *adv.* See Sensible.

Sensitive, *adj.* Mothachail, beò.

Sensitively, *adv.* See Sensitive.

Sensual, *adj.* 1. Consisting in sense: corporra, nàdurrach. 2. pleasing to the senses, carnal: feòlmhor. 3. devoted to sense, lewd, luxurious: feòlmhor, collaidh, macnusach, neo-gheamnuidh, anamiannach.

Sensualist, *s.* Fear macnusach, fear-neo-gheamnuidh, fear collaidh, druisear.

Sensuality, *s.* Feòlmhorachd, mi-gheanmnuidheachd, ana-measarrachd, collaidheachd.

Sensually, *adv.* See Sensual.

Sentence, *s.* 1. Decision: breth, breitheanas. 2. doom: binn, dìteadh, breitheanas. 3. a period in writing: cialtradh.

Sentence, *v. a.* 1. Pass the last judgment on any one: thoir breth, thoir a mach breth. 2. doom to punishment: dìt, thoir a mach binn.

Sententious, *adj.* Geàrr-bhriathrach, brìoghmhor, ràidhteach.

Sententiously, *adv.* See Sententious.

Sententiousness, *s.* Brìoghmhorachd, cainnt làidir le beagan fhoclan.

Sentient, *adj.* Mothachail, a' faireachduinn.

Sentient, *s.* Fear-mothachaidh.

Sentiment, *s.* 1. Thought, notion: smaoin, barail, beachd. 2. the sense considered distinctly from the language or things: seadh, brìgh, ciall. 3. sensibility: mothachadh, faireachduinn, comhfhaireachduinn.

Sentimental, *adj.* Mothachail.

Sentinel, } Sentry, } *s.* 1. To prevent surprise: freacadanaiche, freiceadan, freacadan. 2. duty of a sentinel: freacadan, freiceadan.

Separable, *adj.* So-sgaraidh, so-dhealachaidh, dealuigheach, roinn-phàirteach.

Separableness, *s.* Roinn-phàirteachadh, dealachadh, eadar-sgaradh.

Separate, *v. a.* et *n.* 1. Break into parts: dealaich, sgar, roinn-phàirtich, eadar-sgar. 2. disunite: eadar-sgar, dealaich, sgar. 3. sever from the rest: dealaich, buin air falbh. 4. segregate: cuir air leth. 5. part: dealaich, theirig air leth.

Separate, *adj.* 1. Divided from the rest: dealaichte, sgairte, roinnte, air leth. 2. disjoined, withdrawn: eadar-dhealaichte, sgairte. 3. secret, secluded: dìomhair, air leth, leis féin.

Separately, *adv.* See Separate, *adj.*

Separation, *s.* 1. The act of separating: dealachadh, sgaradh, cur as a chéile. 2. the state of being separate: dealachadh, sgaradh, eadar-sgaradh, tearbadh, cur air leth. 3. divorce: eadarsgaradh, dealachadh.

Seposition, *s.* Cur air leth, tearbadh.

Sept, *s.* Fine, cinneadh, fineadh, clann, dream, treubh.

Septangular, *adj.* Seachd-shlisneach.

September, *s.* Mios meadhonach an fhogair, seachdmhios.

Septenary, *adj.* Seachdnar.

Septennial, *adj.* 'S gach seachdamh bliadhna.

Septentrion, *s.* An àirde tuath, an taobh tuath.

Septentrion, } Septentrional, } *adj.* Tuathach, tuath.

Septentrionally, *adv.* See Septentrional.

Septuagint, *s.* Bìoball Greugais nan tri fichead 's a deich.

Septuble, *adj.* Seachd-fillte.

Sepulchral, *adj.* Tuamach.

Sepulchre, *s.* Uaigh, tuam, cladh, cill.

Sepulchre, *v. a.* Adhlaic, cuir 's an uaigh, tìodhlaic tòrr.

Sepulture, *s.* Adhlacadh, tiodhlacadh, tòrradh, falair.

Sequel, *s.* 1. Conclusion: crìoch, a' chuid a leanas. 2. consequence, event: crìoch, comh-dhùnadh, ceann thall, deireadh.

Sequent, *adj.* 1. Following, succeeding: leanmhuinneach, leanailteach, a' tighinn an déigh. 2. consequential: comh-dhùnach, a' sruthadh o.

Sequester, *v. a.* et *n.* 1. Separate from others: cuir gu taobh, cuir a leth taobh. 2. put aside: cuir gu taobh, dealaich, thoir air falbh. 3. withdraw: dealaich, cuir leis féin. 4. deprive of possession: cuir á seilbh. 5. withdraw, retire: rach a thaobh, rach gu taobh.

Sequestrate, *v. a.* Cuir á seilbh, arfuntaich.

Sequestration, *s.* 1. Separation, retirement: dealachadh, dol air leth, dol a thaobh. 2. disunion, disjunction: dealachadh, toirt air falbh. 4. deprivation of the use and profits of a possession: cur á seilbh, tabhairt a sheilbh do luchd-fhiachan.

Seraglio, *s.* Tigh choimh-leabach.

Seraph, *s.* Àrd-aingeal.

Seraphic, } Seraphical, } *adj.* Nèamhaidh, naomh, a bhuineas do dh' àrd aingeal.

Serenade, *s.* Ceòl-oidhche leannanachd.

Serene, *adj.* Ciùin, sàmhach, sèimh, sìtheil, soitheamh, foisneach, faoilidh.

Serene, *v. a.* Ciùinich, sìthich, dean sàmhach.

Serenely, *adv.* See Serene, *adj.*

Serenity, *s.* Ciùine, ciùinead, ciùineas, sèimheachd.

Serf, *s.* Tràill.

Serge, *s.* Stuth, eudach tana.

Sergeant, *s.* An officer to execute the commands of magistrates: maor. 2. in the army: ceannard dà fhear dheug. 3. a lawyer: àrd fhear-lagha.

Series, *s.* 1. Sequence order: òrdugh, sreath, srèad. 2. succession, course: cùrsa, for-chéimneachadh.

Serious, *adj.* 1. Grave, solemn: stòlda, suidhichte, socrach, tosdail. 2. important, weighty: cudhthromach, trom, sònruichte.

Seriously, *adv.* See Serious.

Seriousness, *s.* Stòldachd, tosdalachd, ro-aire.

Sermon, *s.* Searmon, searmaid.

Sermon, *v. a.* et *n.* Searmonaich.

Sermonise, *v. n.* Searmonaich.

SEROSITY, *s.* Uisgealachd.
SEROUS, *adj.* Uisgidh, tana.
SERPENT, *s.* Nathair, beithir.
SERPENTINE, *adj.* Mar ńathair, lùbach, dreach-lubach, cuairteagach.
SERRATE, SERRATED, } *adj.* Fiaclach, eagach, gròbach.
SERRATION, *s.* Gròbadh.
SERVANT, *s.* Seirbhiseach, fear-muinntir, beanmhuinntir, òglach, ban-oglach.
SERVE, *v. a.* et *n.* 1. Work for: oibrich, seirbhisich. 2. attend: fritheil. 3. obey servilely: dean seirbhis, thoir ùmhlachd. 4. supply with food: cuidich, riaraich. 5. be subservient to: strìochd, thoir géill. 6. supply with: fritheil. 7. assist: cuidich, cuir air aghart. 8. satisfy: taitinn, toilich. 9. stand instead of: dean àite, seas ionad. 10. treat, requite: gréidh. 11. (in divinity): thoir seirbhis, thoir ùmhlachd, thoir aoradh. 12. be a servant or slave: dean seirbhis, bi fuidh dhaorsa. 13. produce the end desired: dèan. 14. be sufficient: foghainn. 15. suit: bi iomchuidh, bi freagarrach.
SERVICE, *s.* 1. Menial office: seirbhis. 2. to a superior: seirbhis, ùmhlachd, dleasdanas. 3. profession of respect: beannachd, seirbhis ùmhail. 4. obedience: géill, strìochdadh. 5. actual duty, office: gnothach, dleasdanas. 6. employment, business: gnothach, dèanadas, gnìomh. 7. military duty: seirbhis, saighdearachd. 8. purpose, use: feum, stà. 9. favour: fàbhor, deadh-ghean. 10. public offices of devotion: seirbhis. 11. sung in cathedrals: seirbhis. 12. course, order of dishes: cùrsa.
SERVICEABLE, *adj.* 1. Active, diligent: gnìomhach, dìchiollach. 2. useful, beneficial: feumail, buannachdail.
SERVICEABLY, *adv.* See Serviceable.
SERVICEABLENESS, *s.* 1. Officiousness, activity: seirbhiseachd, dìchioll. 2. usefulness, beneficialness: feumalachd, tairbhe.
SERVILE, *adj.* 1. Slavish: tràilleil, tàrlaideach, suarach, tràilleach. 2. fawning, cringing: eisimeileach.
SERVILELY, *adv.* See Servile.
SERVILITY, *s.* 1. Subjection, involuntary obedience: tràillealachd, braighdeanas. 2. meanness, baseness: eisimeil, dìblidheachd, suarachas. 3. slavery: tràillealachd.
SERVITOR, *s.* 1. Servant, attendant: seirbhiseach, òglach. 2. a follower: leanmhuinneach, fearleanmhuinn.
SERVITUDE, *s.* Tràillealachd, seirbhiseachd, daorsa, braighdeanas.
SERUM, *s.* Meòg.
SESS, *s.* Cìs, càin, dùilinnean.
SESSION, *s.* 1. The act of sitting: suidhe. 2. of magistrates or senators: àrd-chomhairle, mòd, coimh-thional. 3. space for which an assembly sits: seisean. 4. of justices: mòd, cùirt luchd ceartais, cùirt bhreitheamh.
SET, *v. a.* et *n.* 1. Place: cuir, suidhich, socraich, càirich. 2. fix immoveably: suidhich, daingnich, socraich. 3. state by some rule: sònruich, cleachd. 4. regulate, adjust: riaghailtich, cuir an òrdugh. 5. fit to music: cuir ri. 6. plant, not sow: suidhich. 7. variegate: breacnaich. 8. reduce from a dislocated state: cuir, ath-shuidhich. 9. fix the affections: suidhich, socraich, càirich, leag. 10. predetermine: rùnaich, sònruich. 11. appoint to an office: cuir. 12. exhibit, display: cuir n mach, nochd, taisbean. 13. value, estimate: meas, cuir luach air. 14. stake at play: cuir geall. 15. set the eyes: socraich, suidhich, leag. 15. offer for a price: tairg. 16. to a tenant: suidhich. 17. oppose: cuir an aghaidh. 18. set *about:* thoir oidhcirp, feuch ri. 19. set *against:* cuir an aghaidh. 20. set *against*, place: cuir mu choinneamh. 21. set *apart:* cuir a thaobh. 22. set *aside:* leig seachad. 23. set *aside*, reject: diùlt. 24. set *aside*, abrogate: cuir air cùl. 25. set *by*, regard: cuir meas. 26. set *by*, reject: diùlt, cuir a thaobh.
SET, *part.* Suidhichte, riaghailteach, gnàthach.
SET, *s.* 1. A number of things: srèad, deise, buill iomlan. 2. any thing not sown: cur. 3. of the sun, or other bodies: luidhe, dol fuidhe. 4. a wager at dice: geall. 5. game: cluich.
SETON, *s.* Silteach.
SET-FOIL, *s.* Leanartach.
SETTEE, *s.* Langasaid.
SETTER, *s.* 1. One who sets: fear-suidheachaidh. 2. a proclaimer: foillsichear. 3. that performs the office of a setting dog: fear-lorgachaidh. 4. whatever sets off: foillsichear.
SETTING, *s.* 1. Of the sun, or other heavenly bodies: luidhe, dol fuidhe. 2. enclosure: suidheachadh, cuartachadh. 3. of the current or sea: gluasad, imeachd.
SETTLE, *v. a.* et *n.* 1. Place: suidhich, socraich. 2. fix: suidhich, socraich, càirich. 3. establish: suidhich, daingnich. 4. make certain: dean cinnteach. 5. compose: suidhich, ciùinich. 6. subside: socraich, tuit sìos. 7. deposite fæces: sìolaidh, gabh sìoladh. 8. establish a residence: tuinich, gabh tàmh. 9. rest, repose: gabh fois, foisich. 10. grow calm: fàs ciùin, bi sàmhach.
SETTLEMENT, *s.* 1. Act of settling: suidheachadh, socrachadh. 2. act of giving possession by law: suidheachadh, còir ceangail. 3. a jointure: dubharaidh. 4. dregs: druaip, dràbhag, grunnasg. 6. act of quitting a roving for a domestic life: suidheachadh, gabhail tàmh. 6. a colony: àiteachas.
SETTLER, *s.* Fear-àiteachais.
SETTLING, *s.* See Settlement.
SEVEN, *s.* Seachd, mor-sheìsear.
SEVENFOLD, *adj.* Seachd--fillte, seachd--filltean, seachd-uiread.
SEVENTEEN, *adj.* Seachd-deug.
SEVENTEENTH, *adj.* Seachdamh-deug.
SEVENTH, *adj.* Seachdamh.
SEVENTHLY, *adv.* 'San t-seachdamh àite.
SEVENTIETH, *adj.* Deicheamh 's tri fichead.

Seventy, *adj.* Deich is tri fichead, tri fichead 's a deich.

Sever, *v. a.* et *n.* 1. By violence: dealaich, sgar, thoir as a chéile. 2. divide, part: dealaich, sgàin, sgar, sgoilt. 3. separate, segregate: dealaich, tearb, cuir air leth. 4. make a separation: cuir dealachadh, bi dealachadh 5. suffer disjunction: gabh dealachadh, bi sgairte.

Several, *adj.* 1. Different: iomad, air leth. 2. many: liutha, liuthad, iomad. 3. particular, single: àraid, air leth.

Several, *s.* 1. A state of separation: dealachadh, leth fa leth. 2. each particular, singly taken: leth fa leth, iomadachd.

Severally, *adv.* See Several.

Severe, *adj.* 1. Apt to punish: geur-theann, cruaidh, geur-smachdach, smachdail. 2. rigid: teann, gruamach. 3. inexorable: an-iochdmhor, garg, neo-thlusail. 4. grave, sober: stòlda, suidhichte. 5. methodical: riaghailteach, puncail, dòigheil. 6. afflictive: cràidhteach, goirt, guineach, geur. 7. close, concise: teann, brìgheil.

Severely, *adv.* See Severe.

Severity, *s.* 1. Cruel treatment: cruas, an-iochd, borbas. 2. hardness: cruas, teanntachd. 3. strictness: cruas, geur-smachd, smior. 4. rigour, austerity: cruas, gairge, iargaltas.

Sew, *v. a.* et *n.* 1. Follow: lean. 2. by threads with a needle: fuaigh.

Sewer, *s.* 1. An officer who serves up a feast: gille cuirme. 2. a passage for water: dòirteal, càm-rath, guitear, slochd-shalchair. 3. that uses a needle: fear-fuaigheil, tàileir.

Sex, *s.* Cineal, cineil, gnè.

Sexangular, *adj.* Sèa-chearnach.

Sexton, *s.* Maor-eaglais.

Sextuple, *adj.* Sèa-fillte.

Sexual, *adj.* Gnèitheach.

Shabbily, *adv.* See Shabby.

Shabbiness, *s.* Mìodhoireachd, spìocaireachd.

Shabby, *adj.* Mìodhoir, spìocach, leibideach, suarach.

Shackle, *v. a.* Cuibhrich, geimhlich, cuingich, urchallaich.

Shackles, *s.* Cuibhrichean, geimhlean, ceanglaichean, urchall, eangach.

Shad, *s.* Gobhlachan.

Shade, *s.* 1. Cloud, or opacity: dubhar, faileas sgàil. 2. darkness, obscurity: dorchadas, doilleireachd, duibhre. 3. coolness: dubhar. 4. an obscure place: ionad doilleir, ionad dubharach. 5. screen: sgàil, sgàilean. 6. protection, shelter: dìon, fasgadh. 7. a colour: dath. 8. of a picture: dubhar. 9. the shadow: faileas, sgàil. 10. a spirit, a ghost: taibhs, aog.

Shade, *v. a.* 1. Overspread with opacity: sgàil, tarruing dubhar. 2. shelter, hide: dìon, cuir sgàil air, folaich. 3. paint in obscure colours: tarruing le dath dorch.

Shadiness, *s.* Dubharachd, doilleireachd, duibhre.

Shadow, *s.* 1. Of a body: faileas, dubhar. 2. opacity, shade: dubhar, sgàil. 3. obscure place: ionad dubharach. 4. of a picture: sgàil, dubhar. 5. a ghost: faileas, taibhs. 6. faint representation: faileas. 7. type: samhladh. 8. protection: dìon, tèarmunn.

Shadow, *v. a.* 1. Cover with opacity: dorchaich, sgàil. 2. make cool: sgàil, tarruing sgàil. 3. conceal, hide: folaich, ceil. 4. protect: dìon, dìon fuidh sgàil. 5. mark: cuir dathan sgàile air. 6. represent imperfectly: taisealbh, samhlaich. 7. represent typically: samhlaich.

Shadowing, *s.* Sgàileadh.

Shadowy, *adj.* 1. Gloomy: dubharach, neulach, sgàileach, faileasach. 2. not luminous: faileasach, sgàileach. 3. typical: samhlach. 4. unreal: faileasach, sgàileach. 5. dark, opaque: dorch, doilleir.

Shady, *adj.* Dubharach, sgàileach, dorch.

Shaft, *s.* 1. An arrow: saighead, gath. 2. a pit: toll domhain. 3. a spire: turaid. 4. of a weapon: dòrn, cas. 5. of a carriage: caol mhaide carbaid.

Shafted, *adj.* Làmhach.

Shag, *s.* Fionnadh, clòimh gharbh, caitein.

Shaggy, *adj.* Ròmach, molach, pabach, caiteineach, giobach, peallagach, peallach, badach, mogach.

Shaggedness, *s.* Ròmaiche, molachas, giobaiche, giobaichead.

Shagreen, *s.* Craicionn mùrlaich.

Shake, *v. a.* et *n.* Crath, luaisg, caislich, cuir air chrith, luaisg, tilg sìos, lagaich, cuir fuidh mhimhisnich, crith, crionaich.

Shake, *s.* Crathadh, luasgadh, leagadh.

Shaker, *s.* Fear-crathaidh, fear-luasgaidh.

Shaking, *s.* See Shake, *s.*

Shaloon, *s.* Clòdh tana.

Shallop, *s.* Eithear, bàta beag.

Shallow, *adj.* 1. Not deep: tana, eu-domhain. 2. not intellectually deep: tana, neo-gheur, faoin, lag-inntinneach.

Shallow, *s.* Tanalach, àthan, oitir.

Shallowness, *s.* 1. Want of depth: tainead, tanalachd. 2. want of thought: baoghaltachd, faoineachd.

Sham, *v. a.* Meall, thoir an car á, gabh brath foille.

Sham, *s.* Mealladh, mi-chleas, droch-cleas, car.

Shambles, *s.* Margadh na feòla.

Shambling, *adj.* Neo-chuimir, a ǹull 's a ǹall.

Shame, *s.* Nàire, nàisneachd, masladh, tàir, tàmailt, mi-chliu, athais, tarcuis.

Shame, *v. a.* et *n.* 1. Make ashamed: nàraich, cuir gu nàire. 2. disgrace: maslaich, thoir tàir do, thoir tàmailt do. 3. be ashamed: gabh nàire.

Shamefaced, *adj.* Nàisneach, nàrach, gnùis-ǹaireach, saidealta, diùididh.

Shamefacedly, *adv.* See Shamefaced.

Shamefacedness, *s.* Gnùis-nàire, nàisneachd, diùideachd.

Shameful, *adj.* Nàrach, nàr, maslach, tàmailteach, mi-chliùiteach.

Shamefully, *adv.* See Shameful.

Shameless, *adj.* Mi-ǹàrach, neo-mhodhail, mi-

mhodhail, beag-narach, bathaiseach, ladarna, bead-aidh.

SHAMELESSLY, *adv.* See Shameless.

SHAMROCK, *s.* Seamrag.

SHANK, *s.* Lurg, luirgean, luirgeann.

SHANKED, *adj.* Luirgneach.

SHAPE, *v. a.* et *n.* 1. Form: cum, dealbh, dreach, dèan. 2. mould, regulate, adjust: riaghailtich, cuir air dòigh. 3. image, conceive: tionnsgain, saoil. 4. square, suit: cum, dealbh.

SHAPE, *s.* 1. Form: cumadh, cruth, dealbh, dreach, aogas, riochd. 2. of the body: cruth, dreach, com.

SHAPELESS, *adj.* Gun chumadh, neo-chumadail, mi-dhealbhach, mi-dhreachail, ain-riochdail.

SHAPELINESS, *s.* Cumadalachd, circachdas, snas-mhorachd.

SHAPELY, *adj.* Cumadail, cumachdail, cireachdail, snasmhor, dreachmhor, deadh-chruthach.

SHARD, *s.* 1. The fragment of an earthen vessel: bloigh, sgealb. 2. the shell of an egg: plaosg.

SHARE, *v. a.* et *n.* 1. Divide: roinn, pàirtich, com-pàirtich, dàilich, carrannaich. 2. partake: com-pàirtich. 3. separate: geàrr, roinn. 4. have part: gabh earrann, gabh roinn.

SHARE, *s.* 1. Part, allotment: earrann, roinn, cuid, cuibhrionn, pàirt. 2. of a plow: coltar.

SHARER, *s.* 1. One who apportions to others: earrannaiche, roinneadair, fear-roinn, fear-compàirt-eachaidh. 2. a partaker: fear-faighinn roinn, fear-compàirt.

SHARING, *s.* Comh-roinn, compàirteachadh.

SHARK, *s.* 1. A sea fish: iasg nan geur fhiacall. 2. a greedy artful fellow: gionach, fear cuilbheart-ach. 3. trick, fraud: mi-chleas.

SHARK, *v. a.* 1. Pack up hastily: sluig gu cìocrach, glac le cabhag. 2. play the petty thief: sgiolc, tiolp, goid, thoir an car á. 3. fawn, beg: bi sgimilearachd.

SHARKING, *s.* Tiolpadh, min-ghoid.

SHARP, *adj.* 1. Keen, piercing: geur, biorach, guineach, faobharach. 2. terminating in a point: biorach, binneach. 3. acute of mind, witty: geur, tapaidh, calamh, beothail. 4. quick, as of sight: geur. 5. sour: geur, goirt. 6. shrill: geur, bior-ach, sgreadach. 7. severe, harsh: geur, sgaiteach, beur, beumnach. 8. cruel: cruaidh, an-iochdmhor. 9. eager: dian, guineach. 10. painful: goirt, cràidhteach, guineach, goimheach. 11. fierce: dian, bras. 12. attentive, vigilant: furachail, air-eachail. 13. acrid, biting: geur, lotach. 14. emaciated, lean: caol, biorach, bochd.

SHARP, *s.* 1. A sharp or acute sound: geur-fhonn, fuaim biorach. 2. small sword: biodag, cuinn-sear.

SHARP, *v. a.* et *n.* 1. Make keen: geuraich, dean biorach. 2. render quick: dean geur, dean grad. 3. play thievish tricks: dean mi-chleasan, meall.

SHARPEN, *v. a.* et *n.* 1. Make keen, edge: geur-aich, roinnich. 2. make quick, or acute: dean geur, dean grad, dean smiorail. 3. make eager or hungry: geuraich, dean cìocrach. 4. make fierce or angry: geuraich, dean feargach. 5. make bit-ing or severe: dean guineach, dean sgaiteach. 6. make sour: dean goirt, no, geur. 7. grow sharp: fàs geur.

SHARPER, *s.* Fear mhi-chleasan, biorrachdair, car-aiche, mealltair, cluipeadair.

SHARPLY, *adv.* See Sharp, *adj.*

SHARPNESS, *s.* 1. Of edge, or point: géire, géiread, bioraichead. 2. sourness: guirtead, géire. 3. of language: géire, géiread. 4. painfulness: goirt-ead, cràdh. 5. intellectual acuteness: géire, géir-ead.

SHARP-SET, *adj.* Dian, cìocrach, guineach.

SHARPSIGHTED, *adj.* Geur-shuileach, bior-shuileach biorach.

SHARP-WITTED, *adj.* Geur-fhocalach, geur-fhoclach, beumnach.

SHASTER, *s.* Sgriobtuir nann Innseanach soir.

SHATTER, *v. a.* et *n.* 1. Break at once into many pieces: bris, bloighdich, bruan, spealg, prunn. 2. be broken: bris, bruan, rach 'n ad spealgan.

SHATTER, *s.* Spealg, bloigh, bruan.

SHATTERBRAINED, *adj.* Faoin-cheannach, umpadail, neo-aireach.

SHAVE, *v. a.* 1. With a razor: beàrr, lom. 2. pare close: lom, beàrr, lomair, rùisg. 3. skim by, pass-ing near: suath, siab. 4. cut in thin slices: geàrr tana, sliseagaich. 5. pillage: creach, lomair, spùinn.

SHAVELING, *s.* Fear beàrrta, manach bochd.

SHAVER, *s.* 1. See Barber. 2. one closely atten-tive to his own interest: fear geur-chuiseach. 3. a robber: spùinneadair.

SHAVING, *s.* Sliseag, bearradh.

SHAWL, *s.* Earrasaid, filleag.

SHE, *pron.* 1. The female pronoun demonstrative: i, ise, si. 2. the female, not the male: boirionn.

SHEAF, *s.* 1. Of corn: sguab, fleasg. 2. any bun-dle: dòrlach, trusgan.

SHEAF, *v. n.* Dean sguaban.

SHEAR, *v. a.* et *n.* 1. Clip, or cut: beàrr, lomair, geàrr. 2. by the sickle: buain, geàrr. 3. (in na-vigation): fiar, siar, bòrd.

SHEAR, SHEARS, *s.* Deamhas, siosar.

SHEARD, *s.* Spealg, sgealb, bloigh, bruan.

SHEARER, *s.* 1. One that clips with shears: lom-artair, bearradair. 2. a reaper: buanaiche.

SHEATH, *s.* Truaill, duille.

SHEATH, SHEATHE, *v. a.* Cuir an truaill, cuir an duille.

SHEATHLESS, *adj.* Gun truaill, gun duille.

SHED, *v. a.* et *n.* 1. Effuse, pour out: dòirt, taom. 2. scatter, let fall: sgap, sgaoil, srad, 3. let fall in parts: dòirt, sgap, srad, sil.

SHEEN, SHEENY, *adj.* Soillseach, dèarsach, boillsgeach.

SHEEN, *s.* Boillsgeadh, dèarsadh, dealradh.

SHEEP, *s.* Caora.

SHEEPCOT, SHEEPFOLD, *s.* Crò chaorach, mainnir.

SHEEPHOOK, *s.* Cromag cìbeir, bachull buachaille.

SHEEPISH, *adj.* Saidealta, nàisneach, nàrach, tais.

Sheepishly, *adv.* See Sheepish.
Sheepishness, *s.* Saidealtachd, cladhaireachd, nàire, nàisneachd.
Sheepshearing, *s.* Lomairt, no, rùsgadh chaorach.
Sheepwalk, *s.* Ionaltradh chaorach.
Sheer, *s.* Glan, fìor-ghlan, neo-thruaillidh.
Sheer, *adv.* Gu glan, a dh' aon bheum, gu h-ealamh.
Sheer off, *v. n.* Sèap, teich, goid air falbh.
Sheet, *s.* 1. Of linen: brà-lìn, lion-eudach, brat-lìn. 2. of a bed: brà-lìn, bràì-lìn, lìon-anart. 3. of paper: site, stuadh, ròla. 4. of paper in a book: duilleag. 5. any thing expanded: leac. 6. the sails of a ship: seòl, bréid. 7. sheet-*anchor:* acair-éigin.
Sheet, *v. a.* 1. Furnish with sheets: thoir brà-lìn do. 2. enfold in a sheet: paisg, fill. 3. cover as with a sheet: còmhdaich.
Sheeting, *s.* Lìon-eudach.
Shekel, *s.* Bonn-leth-chruin.
Shelf, *s.* 1. A board fixed: sgeilp. 2. in the sea: tanalach, sgeir, oitir.
Shelfy, *adj.* Sgeilpeach, sgorach, sgeireach.
Shell, *s.* 1. The hard covering of any thing: rùsg, sgrath, ballan, plaosg. 2. of testaceous or crustaceous animals: slige. 3. of siliginous plants: cochull, plaosg, rùsg. 4. of kernels, or an egg: rùsg, plaosg. 5. of an house: slige.
Shell, *v. a.* et *n.* 1. Take out of the shell: plaoisg, rùisg, sgiol, sgroill. 2. fall off as broken shells: sgiol, fosgail, tuit.
Shell-duck, *s.* Cràdh-ghèadh.
Shellfish, *s.* Maorach, faoch, iasg sligeach.
Shelly, *adj.* Sligeach.
Shelter, *s.* 1. A cover: dìdean, dian, sgàth, tèarmunn, fasgadh, asgailt. 2. a protector: dì-dionnair, fear-dìona, fear-tèarmuinn. 3. protection, security: dìdean, dìon.
Shelter, *v. a.* et *n.* 1. Cover: dìon, dìdinn, tèarn, thoir tèarmunn. 2. defend, protect: dìon, tèarn, tèaruinn, teasairg. 3. betake to cover: gabh dìon, gabh fasgadh. 4. take shelter: gabh dìon, gabh fasgadh. 5. give shelter: thoir dìon, thoir fasgadh.
Sheltie, *s.* Eachan.
Shelve, *v. a.* Cuir air sgeilpean.
Shelving, *adj.* Claon, uchdanach, leth-chorrach, cas.
Shelvy, *adj.* Sgeireach, creagach, sgorach, eu-domhain.
Shepherd, *s.* Buachaill, cìbeir, aodhair, treudaich.
Shepherdess, *s.* Ban-chìbeir, ban-bhuachaill.
Shepherd's purse, *s.* Lus-na-fola.
Sheriff, *s.* Siorraimh, siorram.
Sheriffdom, *s.* Siorramachd.
Shewer, *s.* Fear-seòlaidh.
Shield, *s.* 1. A buckler: sgiath, caoimh-sgiath, targaid. 2. defence, protection: sgiath, dìon, dìdean, tèarmunn. 3. one that gives protection or security: dìdionnair, fear-dìona.
Shield, *v. a.* 1. Cover with a shield: dìon le sgiath, còmhdaich le sgiath. 2. defend, protect: dìon, dìdinn, tèaruinn. 3. keep off: dìon, cum air falbh.
Shift, *v. a.* et *n.* 1. Change, alter: mùth, atharraich, caochail, caraich. 2. change clothes: mùth, atharraich. 3. find some expedient: dean luim, solair. 4. practise indirect methods: cleachd claon reuson. 6. shift *off:* cuir seachad.
Shift, *s.* 1. Change: mùthadh, atharrachadh, caochladh. 2. expedient found: alt, luim, innleachd, seòl, dòigh. 3. fraud, artifice: car, cleas, cluaintearachd. 4. evasion: car, cur seachad. 5. a woman's under linen: léine boirionnaich, sgùird.
Shifter, *s.* 1. One who changes or alters: fear-mùthaidh, fear-atharrachaidh. 2. who plays tricks: fear carach, fear-mhi-chleasan.
Shifting, *s.* 1. Act of changing: mùthadh, atharrachadh, caochladh. 2. evasion, fraud: cur seachad, cuilbheart.
Shiftless, *adj.* Gun seòl, gun dòigh, gun innleachd, gun luim.
Shilling, *s.* Tasdan, sgillin Shasuunach.
Shily, *adv.* See Shy.
Shin, *s.* Faobhar na lurga.
Shine, *v. n.* 1. Have bright resplendence, glitter: dèarrs, soillsich, dealraich, boillsg. 2. be glossy: bi dèarsach, bi soillseach. 3. be eminent: bi sònruichte, bi urramach. 4. give light: soillsich, dèarrs, thoir solus.
Shine, *s.* 1. Fair weather: turadh, aimsir ghrianach, uair shoilleir. 2. brightness, splendour: lainnir, soilleireachd, dèarsadh.
Shiness, *s.* Coimheachas, fiatachd, fiadhaichead.
Shingle, *s.* Déile, cùl.
Shingle, *v. a.* Còmhdaich le déileachan, còmhdaich le cùil.
Shingles, *s.* Ruiceanan.
Shiny, *adj.* Soilleir, dealrach, dèarsach, boillsgeach.
Ship, *s.* Long, soitheach.
Ship, *v. a.* 1. Put into a ship: cuir an long, cuir air bòrd. 2. transport in a ship: aisig, giùlain an long.
Shipboard, *s.* Bòrd luinge.
Shipboy, *s.* Giollan luinge.
Shipless, *adj.* Gun long.
Shipman, *s.* Seòladair, maraiche.
Shipping, *s.* 1. Vessels of navigation, fleet: loingeas. 2. passage in a ship: seòladh, turus air muir.
Shipwreck, *s.* Long-bhriseadh.
Shipwreck, *v. a.* Dean long-bhriseadh.
Shipwright, *s.* Saor luinge.
Shire, *s.* Siorramachd.
Shirt, *s.* Léine.
Shirt, *v. a.* Còmhdaich le léine, cuir léin' air.
Shive, *s.* Sliseag.
Shiver, *v. a.* et *n.* 1. Shatter: bris, sgealb, bruan, bloighdich, bruansgail. 2. fall at once into many parts or shives: bris, rach 'n ad bhloighdean. 3. quake, tremble: crith.
Shiver, *s.* 1. A fragment: bruan, bloigheag, spealg, sgealb, mìr. 2. a thin slice: sliseag. 3. a shaking fit: ball-chrith.

Shivering, *s.* 1. Act of trembling: ball-chrith, crith-fhuachd. 2. division: bristeadh, bloighdeachadh, sgealbadh.
Shivery, *adj.* Bristeach, breòite.
Shoal, *s.* 1. A crowd: sgaoth, sgann. 2. a sandbank: tanalach, oitir, sgeir.
Shoaliness, *s.* Tainead.
Shoaly, *adj.* Sgeireach, làn oitirean.
Shock, *s.* 1. Conflict: stàirn, stàirneach, ruathar, ionnsuidh. 2. concussion, external violence: carachadh, gleachd, sbàirn. 3. of enemies: gleachd, còmhrag. 4. offence: oilbheum. 5. of corn: adag. 6. a rough dog: cù molach.
Shock, *v. a.* et *n.* 1. Shake by violence: luaisg, crath. 2. meet force with force: còmhraig, thoir coinneamh. 3. offend, disgust: thoir oilbheum. 4. meet with hostile violence: tachair le fraoch feirge. 5. be offensive: bi oilbheumach. 6. build up piles of sheaves: dean adagan.
Shockingly, *adv.* Gu h-oilbheumach, gu déistinneach.
Shoe, *s.* 1. The cover of a man's foot: bròg. 2. of a horse's foot: crudha.
Shoe, *v. a.* Crudh, cuir crudhan.
Shoeboy, *s.* Gille-bhròg.
Shoemaker, *s.* Greusaich, fear-dèanaimh bhròg.
Shoer, *s.* Fear-crudhaidh.
Shoestring, Shoetye, *s.* Bar-iall bròige, barr-iall.
Shoot, *v. a.* et *n.* 1. Discharge with speed or violence: tilg, thoir urchair. 2. as from a bow or gun: tilg, tilg urchair. 3. as a vegetable: cuir a mach, cuir thuige. 4. push suddenly: pùc. 5. fit to each other: dean comh-fhreagarrach, 6. germinate: fàs, cinn, bi cur a mach. 7, protuberate: brùchd, bòrc. 8. move swiftly along: ruith. 9. feel a quick glancing pain: biorg.
Shoot, *s.* 1. The act or impression of any thing emitted: urchair, tilgeadh. 2. a branch: fiùran, faillean, meangan. 3. a young swine: uircean.
Shooter, *s.* Fear-tilgidh, fear-bogha, cuimsiche.
Shooting, *s.* 1. Act of emitting as from a gun or bow: tilgeadh, gunnaireachd, làmhach. 2. sensation of quick pain: biorgadh.
Shop, *s.* Bùth.
Shopboard, *s.* Bòrd oibre.
Shopbook, *s.* Leabhar cunntais, leabhar reiceadair.
Shopkeeper, *s.* Ceannaiche, reiceadair, fear-bùtha.
Shopman, *s.* 1. A petty trader: fear-bùtha. 2. one who serves in a shop: gille-bùtha.
Shore, *s.* 1. Of the sea: tràigh, cladach, eilthir. 2. of a river: cladach, bruach. 3. a drain: guitear, dòirteal. 4. a buttress: barr'-bhalla.
Shore, *v. a.* Cuir barr'-bhalla ri, taic, cum suas.
Shorn, *part.* Rùisgte, lomairte.
Short, *adj.* 1. Not long: geàrr, goirid. 2. in space, or extent: goirid, geàrr, aithghearr. 3. in time: geàrr, goirid, aithghearr, neo-fhada. 4. not adequate: aithghearr, gann. 5. scanty: gann. 6. narrow: cumhang. 7. brittle: brisg, pronn. 8. laconic: goirid, cas.
Short, *s.* Cunntas geàrr, no, aithghearr.
Shorten, *v. a.* Giorraich, coimh-gheàrr, geàrr dheth, cum a stigh, cuingich, cumhangaich, meang.
Shortlived, *adj.* Geàrr-shaoghalach, diombuan.
Shortly, *adv.* See Short, *adj.*
Shortness, *s.* 1. The quality of being short: giorrad. 2. of words: tearcad, giorrad. 3. want of capacity: giorrad, gainead, neo-chomas. 4. imperfection: éis dìth, neo-choimhliontachd.
Short-sighted, *adj.* Geàrr-sheallach, geàrr-shuileach.
Short-sightedness, *s.* Geàrr-shealladh.
Short-winded, *adj.* Geàrr-analach.
Shot, *s.* 1. The act of shooting: tilgeadh, làmhach. 2. the missile weapon: urchair, dionnal. 3. flight of a missile weapon: urchair. 4. a sum charged: lach.
Shotfree, *adj.* Saor, gun a lach a dhìoladh.
Shove, *v. a.* et *n.* 1. Push by main strength: pùc, put. 2. rush against: pùc, put, thoir upag. 3. before one: pùc, ùp, bi pùcadh. 4. in a boat not by oars but by a pole: pùc, bi pùcadh.
Shove, *s.* Pùcadh, ùpadh, ùpag, putadh.
Shovel, *s.* Sluasaid.
Shovel, *v. a.* 1. Throw or heap with a shovel: sluaisd, sluaisir. 2. gather in great quantities: cruinnich, trus le sluasaid.
Should, *v. n.* Bu chòir, n' an. I should go: *bu chòir* dhomh dol. If I should go: '*n an* rachainn.
Shoulder, *s.* Guala, gualann, slinnean, slinneag.
Shoulder, *v. a.* 1. Push with insolence and violence: ùp, pùc. 2. put upon the shoulder: guaillich, cuir air gualainnean.
Shoulderbelt, *s.* Crios-gualainn.
Shoulderblade, *s.* Slinnean, slinneag, cnaimh slinnein.
Shout, *s.* Iolach, caithream, glaodh, gàir, sgairt.
Shout, *v. a.* et *n.* 1. Treat with noise and shouts: glaodh ri, dean gàir ri. 2. cry in triumph or exhortation: glaodh, éigh, dean iolach, dean comhghàirich.
Shouting, *s.* Iolach, caithream, glaodh, gàir, comhghàirich.
Show, *v. a.* et *n.* 1. Exhibit to view: nochd, foillsich, taisbean, leig ris. 2. make to see: nochd, foillsich, seall, taisbean, feuch. 3. make to know: leig ris, leig fhaicinn, teagaisg. 4. prove: nochd, taisbean, dearbh. 5. publish: foillsich, dean aithnichte. 6. inform: nochd, seall, teagaisg. 7. conduct: stiùir, treòraich, steòrn. 8. offer, afford: tairg, dèan. 9. explain: mìnich, soilleirich. 10. appear: amhairc, seall.
Show, *s.* 1. A spectacle: sealladh, ioghnadh. 2. superficial appearance: sealladh, samhladh, coltas. 3. ostentatious display: loiseam, bàsdal, greadhnachas. 4. public appearance: nochdadh, taisbeanadh. 5. semblance, likeness: samhladh, riochd. 6. speciousness: deadh choltas. 7. external appearance: coltas, aogas, dreach. 8. phantom, not reality: cruth, samhladh. 9. representative action: comharradh, samhladh.
Showbread, *s.* Aran taisbeanta, aran coisrigte.
Shower, *s.* 1. Rain: fras, cith, frasach, frasadh,

sileadh. 2. storm: sian, doinnionn, fras throm. 3. liberal distribution: frasadh, frasach, buileachadh pailt.
Shower, *v. a.* et *n.* 1. Wet with rain: fras, fliuch, braon, 2. pour down: dòirt, taom. 3. distribute with liberality: sgap, sgaoil, roinn-phàirtich. 4. be rainy: sìl, bi frasach.
Showery, *adj.* Frasach, fliuch, silteach, fearthuinneach, citheach.
Showily, *adv.* See Showy.
Showy, *adj.* Loiseamach, basdalach, greadhnach, rìomhach, faicheil.
Shred, *v. a.* Srac, geàrr, bloighdich.
Shred, *s.* Mìrean, crioman, bìdeag, cearb, luideag.
Shredding, *s.* Còrr, fuigheall.
Shrew, *s.* Baobh, caile ladarna, bàirseach.
Shrewd, *adj.* 1. Having the qualities of a shrew: baobhail, mì-rùnach. 2. cunning: seòlta, sicir, dùbailt, crionna. 3. bad, ill betokening: olc, dona. 4. painful, dangerous: cràidhteach, doghruinneach.
Shrewdly, *adv.* See Shrewd.
Shrewdness, *s.* 1. Mischievousness, petulance: mealltaireachd, beadaidheachd. 2. sly cunning: seòltachd, cuilbheartachd, crionnachd.
Shrewish, *adj.* Baobhail, trodail, beadaidh, ladarna.
Shrewishness, *s.* Ladarnachd, ladarnas, beadaidheachd, baobhalachd.
Shriek, *v. n.* Sgreuch, sgread, ràn, raoic, thoir sgal.
Shriek, *s.* Sreuch, sgread, ràn, raoic, sgal.
Shrill, *adj.* Sgreadach, beur, caol-fhuaimneach, sgalach.
Shrilly, *adv.* See Shrill, *adj.*
Shrillness, *s.* Sgalantachd.
Shrimp, s. 1. A fish: carran, clòimheag. 2. a little wrinkled man: droich, duineachan, fearan preasach.
Shrimp, *v. a.* Crup.
Shrine, *s.* Cobhan coisrigte, comhan.
Shrink, *v. a.* et *n.* 1. Make to shrink: crup. 2. contract itself: crup, crùb, seac, preas. 3. as from danger: crup, ath.
Shrink, *s.* 1. Corrugation: crupadh, preasadh, seargadh, seacadh. 2. from fear or horror: crupadh, crùbadh.
Shrinker, *s.* Cladhair, gealtair.
Shrinking, *s.* Crupadh, crùbadh.
Shrivel, *v. n.* Crup, comh-chrup, preas, seachd, searg, sgreag.
Shrivelling, *s.* Crupadh, preasadh, sgreagadh.
Shroud, *s.* 1. A shelter, cover: sgàile, còmhdach, fasgadh, dìon. 2. a winding sheet: corp-léine, linnseag, aodach mairbh, eislinn, marbh-phaisg. 3. the sail ropes: beairtean.
Shroud, *v. a.* et *n.* 1. Shelter: dìon, còmhdaich, thoir fasgadh. 2. dress for the grave: marbhphaisg, ollanaich. 3. clothe, dress: uidheamaich, sgeadaich. 4. cover, conceal: còmhdaich, folaich, ceil. 5. depend: dìon, tèarn. 6. harbour: gabh dìon.
Shrovetide, *s.* Inid.
Shrove-tuesday, *v.* Di-màirt inid.
Shroving, *s.* Féisd inid.
Shrub, *s.* 1. A small tree: preas, ras-chrann, ras. 2. a liquor: deoch bhlasda.
Shrubbery, *s.* Preasarnach, ionad phreasan.
Shrubby, *adj.* Preasach, làn phreasan, fiodhach.
Shrug, *v. a.* et *n.* Crup, crùb, clòimhdich.
Shrug, *s.* Clòimhdeachadh, crupadh.
Shudder, *v. n.* Crith, criothnaich, oilltich.
Shudder, *s.* Crith, ball-chrith, criothnachadh, oillt.
Shuffle, *v. a.* et *n.* 1. Throw into disorder: cuir thar a chéile, crath, coimeasg. 2. change the position of cards: cuir am measg a chéile, coimeasg, mùth. 3. with some fraudulent tumult: tilg as an rathad. 4. shuffle *off:* cùitich, faigh cùitcas, cuir air falbh, cuir dhiot. 5. shuffle *up:* dean suas. 6. play mean tricks, evade fair questions: bi cluipireachd, thoir car fuidh luib. 7. struggle, shift: dean luim.
Shuffle, *s.* 1. The act of disordering things: cur thar a chéile, coimeasgadh. 2. a trick: car, cleas, siomaguad, car fuidh luib.
Shuffler, *s.* Caraiche, mealltair, cluipeadair.
Shuffling, *s.* 1. Act of throwing into disorder: cur thar a chéile, coimeasgadh. 2. trick: cleas, car, car fuidh luib, cluipireachd.
Shun, *v. a.* et *n.* Seachain, ob, seun, diùlt.
Shut, *v. a.* et *n.* 1. Close: druid, dùin. 2. inclose: dùin, druid, iomdhruid, cum a stigh. 3. prohibit: bac, toirmisg. 4. exclude: dùin a mach, druid. 5. shut *out:* cum a mach, dùin a mach, druid a mach. 6. shut *up:* dùin a suas. 7. shut *up*, conclude: comh-dhùin. 8. be closed: dùin, bi druidte.
Shut, *s.* 1. Close, act of shutting: dùnadh, druideadh. 2. small door or cover: còmhla bheag.
Shutter, *s.* 1. One that shuts: fear-dùnaidh. 2. a cover, a door: còmhla, brod, clàr-uinneig, foiruinneag.
Shuttle, *s.* Spàl.
Shy, *adj.* 1. Reserved: fiadhta, dùinte, coimheach. 2. cautious: faicilleach, cùramach. 3. keeping at a distance: fiadhta, neo-chompanta. 4. suspicious: an-earbsach, amharusach.
Shyly, *adv.* See Shy.
Shyness, *s.* Fiadhaichead, fiatachd, coimheachas.
Sibilant, *adj.* Srannach.
Sibyl, *s.* Ban-fhiosaiche phàganach.
Sicamore, *s.* Sicamore.
Sick, *adj.* 1. With disease: tinn, euslan, eslainteach. 2. corrupted: truaillidh, neo-fhallain. 3. disgusted: tinn, sàruichte, sgìth.
Sicken, *v. a.* et *n.* 1. Make sick: dean tinn, cuir galar air. 2. weaken: lagaich, dean breòite. 3. grow sick: fàs tinn, bi tinn. 4. be disgusted: bi tinn, gabh sgreatachd. 5. grow weak: fannaich, fàs lag.
Sickish, *adj.* Tinn, leth-char tinn, fann.
Sickle, *s.* Corran.
Sickled, *adj.* A' giùlan corrain.
Sicklewort, *s.* Lus-a-chorrain.
Sickleman, } *s.* Buanaiche, fear-corrain.
Sickler, }

Sickliness, *s.* Tinneas, ea-slàinte, breòiteachd.
Sickly, *adv.* See Sick.
Sickly, *adj.* 1. Not healthy: tinn, euslainteach, euslan. 2. faint: fann, lag, breòite, neo-fhallain, aiceideach, driachanach.
Sickness, *s.* Tinneas, galar, eusline, eucail.
Side, *s.* Slios, taobh, cliathach, bruach, oir.
Side, *adj.* Air gach taobh, leth-taobhach.
Side, *v. a.* et *n.* 1. Stand at the side of: seas ri taobh. 2. suit: freagair do. 3. lean on one side: aom, claon. 4. take a party: taic, gabh taobh.
Sidelong, *adj.* Leth-taobhach, taobhach.
Sidelong, *adv.* 1. Laterally, obliquely: gu leth-taobhach, an coinneamh a thaoibh. 2. on the side: air taobh.
Sidesaddle, *s.* Dìollaid boirionnaich.
Sideways, } *adv.* An comhair a thaoibh, an coinn-
Sidewise, } eamh a thaoibh, a leth-taobh.
Siding, *s.* Cumail taiobh ri, còmhnadh.
Siege, *s.* Séisd, séisdeadh, iom-dhruideadh, cur ri, dian leantuinn.
Sieve, *s.* Criathar.
Sift, *v. a.* 1. By a sieve: criathair, sìolaidh. 2. separate, part: dealaich, sgar. 3. examine, try: feuch, rannsaich, sgrùd.
Sigh, *v. n.* Osnaich, tarruing osnadh, cnead, acain.
Sigh, *s.* Osnadh, osnag, ospag, acain.
Sigher, *s.* Fear-osnaich, fear-acain.
Sighing, *s.* Osnaich, ospagaich, acain.
Sight, *s.* 1. By the eye: fradharc, faicinn, léirsinn, sealladh. 2. open view: sealladh, amharc. 3. act of seeing: sealladh, amharc. 4. knowledge: aithne, fiosrachadh. 5. instrument of seeing: sealladh, sùil. 6. apertures pervious to the eye: sùil. 7. spectacle: sealladh, taisbeanadh.
Sighted, *adj.* Sùileach, léirsinneach.
Sightless, *adj.* 1. Wanting sight, blind: dall, gun fhradharc, gun léirsinn. 2. invisible: as an t-sealladh, neo-fhaicsinneach.
Sightliness, *s.* Taitneas.
Sightly, *adj.* Taitneach, maiseach do 'n t-sùil, ciatach.
Sign, *s.* 1. A token: comharradh, comhara. 2. a wonder: comharradh, mìorbhuil, iongantas. 3. a picture at a door: suaicheantas, sop-reic, comharradh. 4. a monument: cuimhneachan. 5. a constellation: comharradh 's a' ghréin-chrios. 6. token given: smèideadh. 7. mark of distinction: comharradh, suaicheantas. 8. symbol: samhladh. 9. a subscription: ainm, làmh-sgrìobhaidh.
Sign, *v. a.* et *n.* 1. Mark: comharraich. 2. denote: seall, taisbean, nochd. 3. ratify: cuir do làmh ri, cuir d' ainm ri. 4. betoken: ciallaich, samhlaich.
Signal, *s.* Comharradh, caismeachd, sanas.
Signal, *adj.* Comharraichte, sònruichte, àraidh.
Signalize, *v. a.* Comharraich, nochd, dean ainmeil.
Signally, *adv.* See Signal, *adj.*
Signature, *s.* Comharradh, seula.

4

Signet, *s.* Seula, saoil, seula righ.
Significance, } *s.* 1. Meaning: ciall, seadh, brìgh,
Significancy, } sùim, ciallachadh. 2. force, energy: comas, neart, feart. 3. importance: cudthrom, brìghealachd.
Significant, *adj.* 1. Expressive beyond the external mark: samhlach. 2. in an eminent degree: samhlach, seadhach, brìoghmhor.
Significantly, *adv.* See Significant, *adj.*
Signification, *s.* 1. Act of making known: ciallachadh, samhlachadh. 2. meaning expressed: ciall, seadh, brìgh, bladh, sùim.
Significative, *adj.* 1. Betokening: samhlach. 2. forcible: brìgheil, brìoghmhor, seadhach.
Signify, *v. a.* et *n.* 1. Declare: samhlaich, seadhaich, nochd, feuch, ciallaich. 2. mean, express: ciallaich. 3. import, weigh: ciallaich. 4. make known: aithris, innis, cuir an céill. 5. express with force: seadhaich.
Signpost, *s.* Colbh seòlaidh.
Silence, *s.* 1. The state of holding peace: tosd, tosdachd, sàmhchair. 2. secrecy: rùn-dìomhair. 3. stillness: tàmh, sàmhchair, fèth. 4. oblivion: dìchuimhne, dol a' cuimhne.
Silence, *v. a.* Cuir sàmhach, cuir 'n a thosd, dean sìth, tosdaich.
Silence, *interj.* Uist!
Silent, *adj.* 1. Not speaking, mute: tosdach, balbh. 2. not talkative, not loquacious: tosdach, sàmhach, bith. 3. still, having no noise: sàmhach, ciùin.
Silently, *adv.* See Silent.
Silicious, *adj.* 1. Made of hair: ròinneach, ròinneagach. 2. full of stones: clachach, sgorach.
Siliqua, *s.* Cochull, plaosg.
Silk, *s.* Sìoda, sròl.
Silken, *adj.* Sìodail, sròlach.
Silkworm, *s.* Sìod-chnuimh.
Silky, *adj.* See Silken.
Sill, *s.* 1. Of the door: stairsneach. 2. of a window frame: bonn uinneig.
Sillily, *adv.* See Silly.
Silliness, *s.* Faoineachd, baoghaltachd, amaideachd, feamachas.
Silly, *adj.* 1. Harmless, innocent: neo-chronail, neo-lochdach. 2. weak, helpless: lag, faoin, seòchlanach, gun treòir. 3. foolish: gleòsgach, faoin, gòrach, amaideach, baoghalta. 4. weak, not in health: lag, breòite, fann.
Sylvan, *adj.* Coillteach, coillteachail.
Silver, *s.* Airgiod.
Silver, *adj.* 1. Made of silver: airgiodach. 2. white, like silver: odhar, glas, air dhath airgid. 3. gentle, quiet: sàmhach, ciùin.
Silver, *v. a.* Còmhdaich le airgiod, dealtraich.
Silver fir, *s.* Giubhas geal.
Silverly, *adv.* See Silver, *adj.*
Silversmith, *s.* Ceàrd airgid.
Silverweed, *s.* Barra-bhrisgein.
Silvery, *adj.* Airgiodach, a' dèalradh mar airgiod.
Simar, *s.* Earrasaid.
Similar, *adj.* 1. Homogeneous: comh-ghnèith-

each. 2. resembling: coltach, cosmhuil, comh-ionann.

Similarity, *s.* Coltas, cosmhuileachd, comh-ionannachd.

Similarly, *adv.* See Similar.

Simile, *s.* Cosmhuileachd, coimeas, samhladh.

Similitude, *s.* 1. Resemblance: coltas, coslas. 2. simile: cosmhuileachd, coimeas.

Simmer, *v. n.* Bruich, goil socrach, teòdh, slaop.

Simoniacal, *adj.* Naomh-ghoideach a' ceal-ghoid, a' naomh-cheannachd.

Simony, *s.* Naomh-cheannachd, naomh-ghoid, ceal-ghoid.

Simper, *v. n.* Gàir, dean gàire faoin.

Simper, *s.* Faoin-ghàire, snodh-ghàire, fiamh ghàire.

Simple, *adj.* 1. Plain, artless: aon-fhillte, simplidh, neo-chiontach, neo-chronail, neo-lochdach. 2. uncompounded: neo-choimeasgta, neo-thruaillte. 3. not wise: socharach, pleòisgeach, simplidh, baoghalta.

Simpleness, *s.* Aon-fhillteachd, simplidheachd.

Simpleton, *s.* Baothair, burraidh, amadan, cliobaire.

Simplicity, *s.* 1. Plainness, artlessness: aon-fhillteachd, baoghaltachd, simplidheachd, treibhdhireas. 2. plainness, not abstruseness: simplidheachd. 3. plainness, not finery: simplidheachd, neo-spéis do r̀iomhadh. 4. weakness, silliness: baoghaltachd, faoineachd, amaideachd.

Simplify, *v. a.* Dean so-thuigsinn, dean réidh.

Simply, *adv.* See Simple.

Simulate, *v. a.* Gabh ort, aimh-r̀iochdaich, cuir am fiachaibh.

Simulation, *s.* Cealgaireachd, mealltaireachd, cur am fiachaibh.

Simultaneous, *adj.* Comh-luath, a dh'aon bheum, cuideachd.

Sin, *s.* Peacadh, eu-ceart, ciont, eusaontas, lochd, coire.

Sin, *v. n.* Peacaich, ciontaich, dean euceart.

Since, *conj.* 1. Because that: chionn, a chionn. 2. from the time that: o, bho.

Since, *adv.* O chionn, r̀oimhe so.

Since, *prep.* O, bho, o 'n àm. Since the world began: o thoiseach an t-saoghail. Since he went away: o na dh' fhalbh e.

Sincere, *adj.* 1. Unhurt: slàn, fallain, iomlan, coimhlionta. 2. pure: glan, neo-thruaillidh, fiorghlan. 3. honest: treibhdhireach, ionraic, onorach, fìreannach, neo-chealgach.

Sincerely, *adv.* See Sincere.

Sincerity, *s.* Treibhdhireachd, ionracas, aon-fhillteachd, neo-chealgachd.

Sindon, *s.* Paisg, filleadh.

Sine, *s.* Uchdach.

Sinecure, *s.* Dreuchd gun dragh, tuarasdal gun obair.

Sinew, *s.* 1. A tendon: fèith. 2. whatever gives strength or compactness: taic, neart.

Sinewed, } *adj.* 1. Furnished with sinews: fèitheach, fèitheanach, tàthach. 2. strong: làidir, daingean, cruaidh, fulangach, garbh, fèitheach, lùthmhor.
Sinewy, }

Sinful, *adj.* Peacach, ain-diadhaidh, ciontach, truaillidh, olc, aingidh, mi-n̄aomh.

Sinfully, *adv.* See Sinful.

Sinfulness, *s.* Aingidheachd, peacaidheachd, truaillidheachd, ciont.

Sing, *v. a.* et *n.* 1. Relate or mention in poetry: mol, cuir an dàn. 2. utter harmoniously: seinn, can. 3. form the voice to melody: seinn, dean ceòl, gabh ceòl. 4. sing a song: gabh òran.

Singe, *v. a.* Doth, dàth.

Singer, *s.* Fear-seinn, òranaiche.

Singing, *s.* Seinn, gabhail ciùil.

Single, *adj.* 1. Not more than one: aon-fhillte, singilte. 2. individual: àraid, sam bith. 3. alone: aonaranach, leis féin. 4. pure: glan, neo-thruaillidh. 5. small: tana, caol. 6. weak, silly: lag, faoin.

Single, *v. a.* 1. Choose: roghnaich, tagh, sònruich. 2. withdraw: dealaich, tearb. 3. take alone: gabh fear an déigh fir, gabh mu seach. 4. separate: dealaich, sgair.

Singleness, *s.* Aon-fhillteachd, treibhdhireas, simplidheachd, ionracas.

Singly, *adv.* See Single, *adj.*

Sing-song, *s.* Droch sheinn, ràsan.

Singulae, *adj.* 1. Single: aon-fhillte, neo-choimeasgta. 2. (in grammar): aonar. 3. particular: àraidh, neo-chotchionn, sònruichte, air leth. 4. not common to others: àraidh, air leth, neònach. 5. but one: aonar, air leth, còrr, sàr, òirdheirc.

Singularity, *s.* Àireamhachd, neònachas.

Singularly, *adv.* See singular.

Sinister, *adj.* 1. On the left hand: cèarr, clì. 2. bad, perverse: olc, aingidh, coiripidh, neo-chothromach. 3. unlucky: tubaisteach, mi-shealbhach, mi-shona.

Sinistrous, *adj.* Claon, coiripidh, baoth.

Sinistrously *adv.* See Sinistrous.

Sink, *v. a.* et *n.* 1. Put under water: cuir fodha, siolaidh, tum. 2. delve: cladhaich, treachail, tochail. 3. degrade: cuir sìos, sàruich, ìslich. 4. make to decline: thoir sìos, ìslich. 5. conceal: ceil, folaich. 6. fall down: sìolaidh, theirig fodha. 7. fall gradually: sìolaidh, tuit. 8. penetrate: rach a stigh, rach an sàs. 9. fall to a level: tuit. 10. be overwhelmed: fàilnich, tuit, fàs sgìth. 11. be received: gabh a stigh, drùigh. 12. decay: searg, seachd.

Sink, *s.* 1. A drain: dòirteal, guitear, clais. 2. where corruption is gathered; slochd salchair.

Sinless, *adj.* Neo-lochdach, neo-chiontach, neo-choireach.

Sinlessness, *s.* Neo-chiontachd.

Sinner, *s.* Peacair, peacach, ciontach.

Sinoffering, *s.* Iobairt pheacaidh.

Sinuate, *v. a.* Lùb, crom, fiar.

Sinuous, *adj.* Lùbach, snìomhanach, cam.

Sinus, *s.* 1. A bay: camus, geotha, bàdh. 2. any fold or opening; filleadh, fosgladh.

Sip, *v. a.* et *n.* Sùgh, òl, deoghail.

Sip, *s.* Balgum, làn beòil, drùbhag, blasad.

Siphon, *s.* Tunnadair, pìob uisge.

Sir, *s.* 1. The word of respect in compellation: a dhuin' uasuil, le 'r cead. 2. the title of knight or baronet: ridir.
Sire, *s.* 1. The word of respect used in addressing the King: a thriath, bhur mòrachd. 2. a father: athair, ginteur.
Siren, *s.* Maighdean mhara, bean tàluidh gu sgrios.
Siren, *adj.* Meallta, a' tàladh.
Sirius, *s.* Reul a' choin.
Sirname, *s.* See Surname.
Sirrah, *s.* Balach.
Sister, *s.* Piuthar.
Sister-in-law, *s.* Piuthar-chéile.
Sisterhood, *s.* Peathrachas.
Sisterly, *adj.* Piutharail.
Sit, *v. a.* et *n.* 1. Keep the seat upon: cum ionad suidhe. 2. rest upon the buttocks: suidh, dean suidhe. 3. be in a state of rest or idleness: suidh, bi 'n ad thàmh. 4. rest as a weight or burden: luidh. 5. settle, abide: suidhich, tuinich. 6. brood, incubate: guir, suidh. 7. be with respect to fitness or unfitness: luidh. 8. be placed in order to be painted: suidh. 9. sit *down:* suidh sìos, dean suidhe. 10. sit *up*, rise from lying to sitting: éirich, suidh suas. 11. sit *up*, watch: suidh suas, dean faire.
Site, *s.* Suidheachadh, làrach, àite.
Sited, *adj.* Suidhichte.
Sithe, *s.* Speal, fàladair.
Sitter, *s.* 1. One that sits: fear-suidhe. 2. one that watches or goes not to bed: fear-faire. 3. a bird that broods: eun-guir.
Sitting, *s.* 1. The posture of sitting on a seat: suidhe. 2. a time at which one exhibits himself to a painter: suidhe, suidhe sìos. 3. a meeting: suidhe, coinneachadh, mòd. 4. incubation: gur. 5. a time at which one sits at any thing: suidhe.
Situate, *adj.* Suidhichte, air a shuidheachadh.
Situation, *s.* 1. Position: suidheachadh, àite, ionad. 2. condition, state: cor, staid, inbhe. 3. temporary state: suidheachadh.
Six, *adj.* Sè, sèa.
Six, *s.* Sèathnar.
Sixfold, *adj.* Sèa-fillte.
Sixpence, *s.* Sè sgillinn, crotag.
Six-score, *s.* Sè-fichead.
Sixteen, *adj.* Sè deug, sèa-deug.
Sixteenth, *adj.* Sèathadh-deug, sèathamh-deug.
Sixth, *adj.* Sèathadh.
Sixth, *s.* Sèathadh cuid.
Sixthly, *adv.* 'S an t-sèathadh àite.
Sixtieth, *adj.* Trì-ficheadamh.
Sixty, *adj.* Trì fichead.
Size, *s.* Meud, meudachd, tomad, domhlas, domhladas.
Size, *v. a.* 1. Increase the bulk of: dòmhlaich. 2. adjust: tomhais, cuir a réir a chéile. 3. settle, fix: suidhich, sònruich.
Sized, *adj.* Tomultach, am meud.
Sizeable, *adj.* Tomultach, dòmhail, freagarrach an tomhas.
Sizy, *adj.* Righinn, glaodhach.

Skain, Skein, *s.* Sgéinnidh.
Skate, *s.* Sgait, sòrnan.
Skean, *s.* Sgian.
Skeleton, *s.* Aog, craidhneach.
Skep, *s.* 1. A sort of basket: cliabh. 2. of bees: sgeap.
Sketch, *v. a.* 1. Draw by tracing the outline: dreach, dealbh. 2. plan: dealbh, tionnsgain.
Sketch, *s.* Dealbh cabhagach, ceud chumadh, ceud tharruing.
Skewer, *s.* Dealg, pinne, bior feòla.
Skewer, *v. a.* Teannaich le deilg, cuir deilg ann.
Skif, *s.* Bàta, geòla, culaidh, sgoth, eathar, fiùrach.
Skilful, *adj.* Eòlach, seòlta, ealanta, teòma, ealaineach.
Skilfully, *adv.* See Skilful.
Skilfulness, *s.* Eòlas, ealantachd, eagnaidheachd, teòmachd, seòltachd.
Skill, *s.* 1. Of any practice or art: eòlas, sgil, teòmachd, fiosrachd. 2. any particular art: ceàird, ealdhain.
Skill, *v. n.* Bi eòlach, bi ealanta.
Skilled, *adj.* Eòlach, ealanta, teòma, fiosrach, seòlta.
Skillet, *s.* Sgeileid, aghann.
Skim, *v. a.* et *n.* 1. Clear off from the upper part: thoir bàrr dheth, thoir uachdar dheth. 2. brush the surface slightly: siab, suath. 3. pass lightly: siab, slìob.
Skimmer, *s.* 1. With which the skum is taken off: sgumadair. 2. one who skims over a book or subject: fear-siabaidh.
Skim-milk, *s.* Bainne lom.
Skin, *s.* 1. Of the flesh: croicionn, craicionn. 2. hide: seiche, craicionn, bian. 3. the person: bodhaig. 4. a husk: cochull, rùsg, plaosg.
Skin, *v. a.* 1. Flay: fionn, feann, rùisg. 2. cover with the skin: cuir craicionn air. 3. cover superficially: cuir sgrath air.
Skink, *s.* Biadh spàine.
Skinker, *s.* Gille copain, fear-riarachaidh.
Skinned, *adj.* Croicneach, cruaidh, teann.
Skinner, *s.* Reiceadair bhoicionn, seicheadair, ceannaiche chraicionn.
Skinny, *adj.* Caol, tana, cruaidh, lapach.
Skip, *v. n.* Leum clis, thoir sùrdag, thoir sìnteag, bi frith-leumnaich. Skip *over:* seachain, leum thairis.
Skip, *s.* Leum, sùrdag, sìnteag, frith-leum.
Skipper, *s.* 1. A dancer: dannsair. 2. a shipmaster: sgiobair, maighstir luinge.
Skippingly, *adv.* Gu leumnach, ri frith-leuman.
Skirmish, *s.* 1. A slight fight: sgeamhla, còmhrag, sgeamhladh leth-bhlàr, ruathar, teugmhail, cath beag. 2. a contest: sabaid, iorghuill, comhstri, iargall.
Skirmish, *v. a.* Còmhraig, cuir cath beag.
Skirmishing, *s.* Còmhrag, cathachadh.
Skirmisher, *s.* Fear-còmhraig, fear-teugmhail.
Skirret, *s.* Cromag.
Skirt, *s.* 1. Of a garment: sgòid, sgioball, beann-

ag, sgiort. 2. of any part of the dress: oir, iomall. 3. edge, margin: oir, iomall, balt.
Skirt, *v. a.* Cuir oir ri, sgiortaich.
Skittish, *adj.* 1. Shy: fiadhta, sgàthach, gealtach, sgeunach. 2. wanton: macnusach, mear, eutrom. 3. changeable, fickle: luasganach, luaineach, neo-shuidhichte.
Skittishly, *adv.* See Skittish.
Skittishness, *s.* Macnus, mire, luaineachd, luasganachd.
Skreen, *s.* See Screen, *s.*
Skue, *adj.* Claon, fiar.
Skulk, *v. n.* See Sculk.
Skull, *s.* Claigionn, claigeann, ballag.
Skull cap, *s.* Currachd cinn, clogaid.
Sky, *s.* 1. Which surrounds this earth: speur, adhar, iarmailt. 2. the heavens: nèamh, speur. 3. the weather, the climate: sian, uair.
Skycolour, *s.* Gorm, liath-ghorm, dath an adhair.
Skycoloured, Skyish, *adj.* Gorm, liath-ghorm air dhath nan speur.
Skylight, *s.* Uinneag mhullaich, uinneag ri adhar.
Slab, *adj.* Tiugh, glaodhach, leanailteach.
Slab, *s.* 1. A puddle: eabar, poll, làthach. 2. a plane of stone: leac réidh. 3. the outside plank: cùl.
Slabber, *v. a.* et *n.* 1. Smear with spittle: salaich le smugaidean, ronnaich. 2. shed, spill: dòirt, taom, taosg. 3. drivel: ronnaich, sil ronnan.
Slabberer, *s.* Ronnair.
Slabby, *adj.* Fliuch, drabhasach.
Slack, *adj.* 1. Not tense: las, lasach, fuasgailte, neo-dhaingean. 2. relaxed, weak: las, lag. 3. remiss: tais, mall, màirnealach. 4. not violent: socrach, maidheanach, athaiseach.
Slack, Slacken, *v. a.* et *n.* 1. Loosen: lasaich, fuasgail. 2. relax: lasaich, thoir lasachadh. 3. remit for want of eagerness: fannaich, maillich. 4. relieve: lasaich, foisich. 5. use less liberally: lughdaich. 6. crumble: bris, bruan. 7. neglect: dearmaid, leig seachad. 8. abate: ìslich. 9. languish: fàilnich, fannaich.
Slack, *s.* Gual mìn, gual pronn.
Slackly, *adv.* See Slack, *adj.*
Slackness, *s.* 1. Looseness: lasachadh, fuasgailteachd. 2. negligence: neo-shùim, mi-chùram, cion faicill. 3. tardiness: màidheanachd, màirnealachd, seamsan. 4. weakness: laige, laigse.
Slag, *s.* Luaithre, smùr.
Slaic, *s.* Slinn.
Slake, *v. a.* et *n.* 1. Quench, extinguish: bàth, caisg, mùch. 2. grow less tense: fàs las. 3. abate: ìslich. 4. go out. theirig as.
Slam, *v. a.* Casgair, marbh, bruth, spad.
Slander, *v. a.* Càin, cùl-chàin, tog tuaileas.
Slander, *s.* 1. False invective: tuaileas, cùl-chàineadh, sgainneal. 2. disgrace, reproach: tàmailt, masladh, mi-chliù. 3. ill name: droch ainm, mi-chliù.
Slanderer, *s.* Cùl-chainnteir, fear-tuaileis.
Slanderous, *adj.* 1. Uttering or containing reproachful falsehoods: cùl-chainnteach, tuaileasach, tarcuiseach. 2. scandalous: tàireil, tarcuiseach, mi-chliùiteach.
Slanderously, *adv.* See Slanderous.
Slant, Slanting, *adj.* Claon, fiar, neo-dhìreach.
Slantly, Slantwise, *adv.* See Slant.
Slap, *s.* Déiseag, boiseag, pailleart, bosag.
Slap, *v. a.* Thoir déiseag, thoir pailleart.
Slash, *v. a.* Sgath, geàrr.
Slash, *s.* 1. Cut, wound: sgathadh, gearradh, leòn. 2. a cut in cloth: gearradh.
Slate, *s.* Leachd, sgliat.
Slate, *v. a.* Còmhdaich le sgliat, sgliat.
Slater, *s.* Sgliatair.
Slattern, *s.* Sgleòit, straille, sgliùrach, sgumrag.
Slaty, *adj.* Sgliatach.
Slave, *s.* Tràill, ciomach, tàrlaid, daoranach.
Slave, *v. a.* et *n.* See Enslave.
Slaver, *s.* Ronn, smugaid, seile.
Slaver, *v. a.* et *n.* 1. Smear with drivel: ronnaich, salaich le ronnaibh. 2. be smeared with or emit spittle: ronnaich, sil ronnan.
Slaverer, *s.* Ronnair.
Slavery, *s.* Tràillealachd, daorsa, braighdeanas.
Slaughter, *s.* Casgradh, casgairt, marbhadh, àr, sgrios, cosgaradh.
Slaughter, *v. a.* Casgair, marbh, sgrios, mort.
Slaughterer, *s.* Fear-casgairt, casgraiche.
Slaughterhouse, *s.* Tigh-casgairt.
Slaughterous, *adj.* Marbhtach, millteach, sgriosail, fuilteach.
Slavish, *adj.* Tràilleil, tàrlaideach, eisiomaileach
Slavishly, *adv.* See Slavish.
Slavishness, *s.* See Slavery.
Slay, *v. a.* Marbh, casgair, cuir gu bàs.
Slayer, *s.* Marbhaiche, milltear, mortair.
Sled, *s.* Càrn, losgann.
Sledge, *s.* 1. A large heavy hammer: fairche, òrd mòr. 2. a sled: càrn, losgann, slaod.
Sleek, *adj.* Mìn, lìomharra, sleamhuinn, slìobach, slìom.
Sleek, *v. a.* Cìr, slìob, suath, dean mìn.
Sleekness, *s.* Mìnead, slìobachd.
Sleeky, *adj.* Mìn, lìomharra.
Sleep, *v. n.* 1. Take rest: caidil, coidil, gabh fòis, dean suain. 2. live thoughtlessly: bi maol-snèimheil, coidil. 3. be dead: coidil, bi marbh.
Sleep, *s.* Cadal, codal, suain, tàmh.
Sleeper, *s.* 1. One who sleeps: codalaiche, fear-codail. 2. a lazy inactive drone: fear maol-snèimheil, lundair, leisgean, dreoll, mac-leisg.
Sleepily, *adv.* See Sleepy.
Sleepiness, *s.* Codalachd, cadaltachd, truime, tromsanaich.
Sleeping, *s.* Cadal, codal.
Sleepless, *adj.* Gun chodal, caithriseach, mi-fhoisneach.
Sleepy, *adj.* Codalach, trom-cheannach, trom, airsnealach, maol-snèimheil.

Sleet, *s.* Glìob, flichneachd, fliuch-shneachd, flichne, clàmhuinn.
Sleet, *v. n.* Fras glìob, cuir glìob, cuir flichneachd.
Sleety, *adj.* Flichneach, flichnidh.
Sleeve, *s.* Muilicheann, muilichinn. Laugh in the *sleeve:* dean ceòl-gàire de. Hang on the *sleeve:* bi 'n eisiomail.
Sleight, *s.* Car, cleas, lùth-chleas, lùth-chleasachd.
Sleightful, *adj.* Carach, lùth-chleasach.
Slender, *adj.* 1. Small in circumference compared with the length: caol, seang, tana. 2. slight: lag, meuranda, caol. 3. less than enough: sgrubail. 4. not amply supplied: bochd, lom, gann.
Slenderly, *adv.* See Slender.
Slenderness, *s.* 1. Thinness: caoilead, tainead. 2. want of bulk or strength: caoilead, laige, meurandachd. 3. want of plenty: gainne.
Sley, *v. n.* Figh, dualaich, snìomh.
Slice, *v. a.* Sliseagaich, snaidh.
Slice, *s.* Sliseag, spealg, sgealb, mìr tana.
Slide, *v. n.* 1. Pass along smoothly, glide: sleamhnaich. 2. move without change of the foot: sleamhnuich, spéil. 3. pass unnoticed: slaod. 4. pass along by silent progression: sleamhnuich, sruth seachad.
Slide, *s.* Sleamhnuchadh, spéileadh.
Slider, *s.* Fear-sleamhnachaidh, spéilear.
Slight, *adj.* 1. Small, worthless: meanbh, suarach, faoin. 2. not important, weak: lag, faoin, beag, suarach. 3. negligent: neo-chùramach, neo-shuimeil. 4. foolish: faoin, gòrach, amaideach. 5. not strong: lag, anmhunn.
Slight, *s.* 1. Neglect, contempt: tàir, tarcuis, eas-onoir, eas-urram, dìmeas. 2. artifice, cunning practice: lùth-chleas. lùth-chleasachd.
Slight, *v. a.* Dearmaid, dean tàir air, dean dìmeas air, cuir an suarachas.
Slighter, *s.* Fear-dearmaid, fear-cuir an suarachas.
Slightingly, *adv.* Gu dì-measach, gu tàireil.
Slightly, *adv.* See Slight, *adj.*
Slightness, *s.* 1. Weakness, want of strength: meurandachd, anmhuinneachd. 2. negligence, want of attention: neo-shùim, mi-chùram.
Slily, *adv.* See Sly.
Slim, *adj.* See Slight, *adj.*
Slime, *s.* Làthach, clàbar, eabar.
Sliminess, *s.* Leanailteachd, rìghneachas.
Slimy, *adj.* 1. Overspread with slime: sleamhuinn, làbanach, salach le làthaich. 2. viscous: glaodhach, leanailteach, righinn.
Sliness, *s.* Cuilbheartachd, seòltachd.
Sling, *s.* 1. A missive weapon: crann-tabhuill. 2. a throw: buille, urchair. 3. in which a wounded limb is sustained: crios crochaidh, bann.
Sling, *v. a.* 1. Throw by a sling: tilg le crann-tabhuill. 2. hang loosely by a string: croch. 3. move by means of a rope: luaisg, tulg.
Slinger, *s.* Fear croinn-tabhuill.
Slink, *v. n.* Siap, teich, èalaidh, sèap.
Slip, *v. a.* et *n.* 1. Convey secretly: goid, cuir gun fhios. 2. lose by negligence: leig seachad, caill. 3. part twigs from the main body: sgoilt. 4. let loose: fuasgail, leig fuasgailte. 5. slide: sleamhnuich, spéil. 6. sneak, slink: sèap, èalaidh. 7. glide: sleamhnuich, falbh. 8. fall into fault: rach mearachd, tuislich. 9. creep by oversight: goid. 10. escape, let out of the memory: leig air di-chuimhn'.
Slip, *s.* 1. False step: tuisleadh, sleamhnachadh. 2. error: mearachd, tuisleadh. 3. a twig torn off: meur, cuiseag, maothan. 4. in which a dog is held: iall, lodhainn. 5. an escape: goid as, sèapadh. 6. a counterfeit piece of money: droch cùinneadh. 7. a long narrow piece: stiall. 8. of yarn: iarna.
Slip-knot, *s.* Lùb-ruith.
Slipper, *s.* Bròg sheòmair, cuaran.
Slippered, *adj.* Cuaranach.
Sdipperiness, *s.* Sleamhnachd, sleamhnad.
Slippery, *adj.* 1. Smooth, glib: sleamhuinn, lìom. 2. not affording firm footing: sleamhuinn, tuisleach, 3. hard to hold: sleamhuinn, ruitheach. 4. changeable: neo-chinnteach, mùiteach. 5. not chaste: neo-gheamnuidh.
Slippy, *adj.* Sleamhuinn.
Slit, *v. a.* Sgoilt, geàrr, sgath.
Slit, *s.* Sgoltadh, gearradh fada, sracadh.
Slocken, *v. n.* See Slake.
Sloe, *s.* Àirneag, buileastair, draighneag.
Sloop, *s.* Long aoin-chroinn.
Slop, *v. a.* 1. Drink grossly and greedily: sluig cabhagach, òl grad. 2. soil by letting water or other liquor fall: spliut, spairt.
Slop, *s.* 1. Mean liquor: leann goirt, droch dhìbh. 2. soil or spot made by water: ball salach. 3. trowsers, drawers: drathais. 4. ready-made clothes: aodach ullamh.
Slope, *adj.* Claon, cam, fiar, cas, corrach, leargan-ach.
Slope, *s.* Leacainn, learg.
Slope, *adv.* Gu fiar, gu claon, gu cam.
Slope, *v. a.* et *n.* Fiar, claon, cam.
Slopewise, *adv.* Le leathad.
Sloppy, *adj.* Fliuch, làbanach.
Slot, *s.* Lorg féidh.
Sloth, *s.* 1. Slowness: màirneal, seamsan, maidheanachd. 2. laziness: leisg, lunndaireachd.
Slothful, *adj.* Leasg, leisgeanta, lunndach, dìomhanach, seamsanach, màirnealach, maidheanach.
Slothfully, *adv.* See Slothful.
Slothfulness, *s.* Leasg, leisgeanachd, dìomhanas, lunndaireachd, slaodaireachd.
Slouch, *s.* 1. An idle fellow: lunndair, leisgean, cuagaire. 2. a downcast look: cromadh, sealladh dìblidh.
Slouch, *v. n.* Imich gu gruigeanach.
Sloven, *s.* Straille, ludair, luiriste, ludragan, tuaisd, sgleòid, slibist.
Slovenliness, *s.* Luiristeachd, liobasdachd, salcharachd.
Slovenly, *adj.* Luiristeach, liobasta, ludraganach, drabhasach, neo-chuimir, bodachail, drabach, gliomach.

Slovenly, *adv.* See Slovenly, *adj.*
Slough, *s.* 1. A deep miry place: slochd, slugaid, dìg, boglach, rumach, làthach, càthar. 2. old skin: sean chroicionn.
Slough, *v. n.* Sgar, geàrr o.
Sloughy, *adj.* Bog, fèitheach, càtharach, làn rumaichean.
Slow, *adj.* 1. Not swift: mall, màsanach, màirnealach, maidheanach, neo ghrad. 2. late: fadalach, fàrdalach. 3. not ready: athaiseach, mall, neo-dheas. 4. sluggish: trom, seamsanach, neobhriosg. 5. heavy in wit: trom-cheannach, pleòisgeach.
Slowly, *adv.* See Slow.
Slowness, *s.* Maille, màirnealachd, fadal, fàrdal, athaisichead, maidheanachd, monais.
Slowworm, *s.* Daol, dall.
Slubber, *v. a.* et *n.* 1. Do any thing lazily: dean air chor éigin. 2. stain, daub: tum, salaich. 3. be in a hurry: bi cabhagach.
Sludge, *s.* Clàbar, eabar, poll.
Slug, *s.* 1. An idler: leisgean, lunndair. 2. an hindrance: grabadh, amladh. 3. a kind of slow creeping snail: seilcheag.
Sluggard, *s.* Leisgean, lunndair, slaod, rongair, droll.
Sluggish, *adj.* Leasg, leisgeanta, lunndach, slaodach, rongach, dìomhair, maidheanach.
Sluggishly, *adv.* See Sluggish.
Sluggishnees, *s.* Leasg, leasganachd, dìomhanas, lunndaireachd, mi-theòmtachd, maidheanachd, slaodaireachd.
Sluice, *s.* Bìor-chòmhla, tuil-dhorus.
Sluice, *v. a.* Leig troimh bhior-chomhla.
Sluicy, *adj.* Taomach, a' teachd troimh bhior-chòmhlan.
Slumber, *v. a.* et *n.* 1. Lay to sleep: cuir an codal. 2. sleep lightly: coidil, dean clò-chodal. 3. be in a state of negligence: bi trom-cheannach, bi maol-snèimheil.
Slumber, *s.* Cadal, codal, clò-chodal, pràmh.
Slumberer, *s.* Codalaiche.
Slumbering, *s.* Cadal, codal, suain.
Slur, *v. a.* 1. Sully, soil: salaich, truaill, mill. 2. balk, miss: seachain. 2. cheat: thoir an car á, meall.
Slur, *s.* 1. Faint reproach: athais, dìmeas, ball, sal. 2. trick: cleas, car. 3. (in music): aonadh phuncan.
Slut, *s.* Sgliùrach, sgleòid, botrumaid, breunag, doimeag.
Sluttery, *s.* Mosaiche, beus sgliùraich, sgliùrachd.
Sluttish, *adj.* Mosach, salach, sgleòideach.
Sluttishly, *adv.* See Sluttish.
Sluttishness, *s.* Mosaiche, sgliùrachd.
Sly, *adj.* Carach, seòlta, lùbach, meallta, cuilbheartach.
Slyly, *adv.* See Sly.
Slyness, *s.* Cuilbheartachd, seòltachd, sligheachas.
Smack, *v. a.* et *n.* 1. Kiss: pòg. 2. make to emit any quick smart noise: crac. 3. have a taste: blais. 4. by separation of the lips strongly pressed together: dean fuaim le d' bhilean.
Smack, *s.* 1. Taste, savour: blas. 2. a pleasing taste: blas cùbhraidh. 3. a small quantity: blas, feuchainn, blasad. 4. a loud kiss: pòg smiorail. 5. a small ship: long bheag, bàta mòr. 6. a blow given: pailleart, déiseag.
Small, *adj.* 1. Little in quantity: beag, crìon, geàrr. 2. slender: caol, seang. 3. petty, minute: beag, meanbh, min, crìon. 4. gentle, soft: tlà, caomh. 5. small beer: lean caol.
Small, *s.* Caol.
Smallage, *s.* Pearsal, lus-na-smaileag.
Smallcraft, *s.* Long bheag, soitheach beag.
Smallness, *s.* 1. Littleness: lughad, crìne. 2. minuteness: caoile, lughad. 3. weakness: laigead, laigse, meurandachd. 4. gentleness: minead, grinnead.
Smallpox, *s.* Breac, bean-mhaith.
Smalt, *s.* Dath gorm.
Smart, *s.* Guin, goimh, pian, cràdh, ciùrradh, biorgadh.
Smart, *v. n.* Fairich guin, bi cràidhteach, bi air do chiùrradh.
Smart, *adj.* 1. Pungent: goirt, geur, guineach. 2. vigorous: smiorail, beothail, briosg, tapaidh. 3. acute, witty: geur, beur.
Smartly, *adv.* See Smart, *adj.*
Smartness, *s.* Smioralachd, beothalachd, tapachd, géire, graidead.
Smash, *v. n.* Bruan, bris, bloighdich, smuais.
Smatch, *s.* Blas, fàile.
Smatter, *v. n.* Labhair air bheag eòlais.
Smatterer, *s.* Fear faoin-eòlais, fear leth-oilein.
Smattering, *s.* Faoin eòlas.
Smear, *v. a.* 1. Overspread: buaichd, smeur, spairt. 2. soil, contaminate: salaich, truaill.
Smear, *s.* Buaichd, smeuradh.
Smeary, *adj.* Slaopach, glaodhach, leanailteach.
Smell, *v. a.* et *n.* 1. Perceive by the nose: bol, gabh, fàile, fairich fàile. 2. find out: lorgaich, tuig. 3. strike the nostrils: fairich fàile, thoir boladh. 4. have a smack of any quality: biodh fàile dhiot.
Smell, *s.* 1. Power of smelling: fàile, fàileadh, boladh. 2. scent, power of affecting the nose: fàile, fàileadh, boladh, samh, tòchd.
Smelling, *s.* Fàile, fàileadh, boladh.
Smelt, *v. n.* Leagh.
Smelter, *s.* Leaghadair.
Smerk, *v. n.* Dean gàire macnusach, dean gàire tlà.
Smiddy, *s.* Ceàrdach.
Smile, *v. n.* Dean snodh-ghàire, bi fiamh ghàireach, seall le gean maith.
Smile, *s.* Gàire, smigeadh, fiamh ghàire, mìog.
Smilingly, *adv.* Le fiamh ghàire, le gnùis aoidheil.
Smirch, *v. a.* Truaill, salaich, dubh, dorchaich.
Smirk *v. n.* Seall gu tlà, seall gu mìn.
Smite, *v. a.* et *n.* 1. Strike: buail. 2. kill: marbh, sgrios, buail. 3. afflict: buail, smachdaich. 4. blast: buail. 5. affect with any passion: buail.
Smiter, *s.* Fear-bualaidh, buailtear.
Smith, *s.* 1. One who forges with his hammer:

gobha, gobhain, ceàrd. 2. he that makes: fear-dèanaimh, fear-deilbh.
Smithcraft, *s.* Goiblmeachd.
Smithy, *s.* Ceàrdach.
Smock, *s.* Léine boirionnaich.
Smock-faced, *adj.* Glas-neulach, glas-bhàn, glasd-uidh.
Smoke, *s.* Deathach, deatach, toit, smùid, ceò.
Smoke, *v. a.* et *n.* 1. Scent by smoke: toit, tiormaich 's an deatach. 2. expel by smoke: fuadaich le toit, cuir air theicheadh le deathach. 3. find out: lorgaich, faigh a mach. 4. sneer, ridicule: mag, fochaidich. 5. emit smoke: cuir deatach dhiot, bi deatachail, cuir smùid. 6. burn: las. 7. move very fast: ruith.
Smoker, *s.* 1. One that dries or perfumes by smoke: fear-toitidh. 2. one that uses tobacco: fear-gabhail pìoba.
Smokily, *adv.* See Smoky.
Smoky, *adj.* Deatachail, toiteach, smùideach, neulach.
Smooth, *adj.* 1. Even on the surface: mìn, réidh, còmhnard. 2. evenly spread, glossy: sleamhuinn, mìn, lìomharra. 3. equal in pace: socrach, còmhnard. 4. gently flowing: mìn, sèimh. 5. bland, mild: mìn, réidh, tlà, ciùin, sèimh.
Smooth, *s.* Luime.
Smooth, *v. a.* 1. Make even on the surface: mìnich, lìomh, dean réidh. 2. work into a soft uniform mass: dean mìn, dean réidh. 3. make easy: dean réidh, dean socrach. 4. make flowing: dean tlà, dean mìn. 5. palliate, soften: gabh leisgeul. 6. calm: ciùinich, sìthich. 7. flatter: brosguil.
Smooth-faced, *adj.* Faoilidh, aoidheil, màlda, fòil.
Smoothly, *adv.* See Smooth.
Smoothness, *s.* 1. Evenness on the surface: réidheachd, mìnead. 2. softness on the palate: taitneas, blasdachd. 3. of numbers: réidheachd. 4. of speech: ciùineas, ciùine, tlàithead.
Smother, *v. a.* et *n.* 1. Suffocate with smoke: tachd, mùch. 2. suppress: mùch, caisg, ceil. 3. smoke without vent: bi deatachail, dean deatach, dean smùid. 4. be suppressed: bi mùchta, bi an cleith.
Smother, *s.* See Smoke, *s.*
Smug, *adj.* Grinn, sgiolta, sgeilmeil, cuimir.
Smug, *v. a.* Breaghaich, dean sgeilmeil, dean cuimir.
Smuggle, *v. a.* 1. Import or export goods without paying the customs: dean ceannachd gun chìs. 2. manage or convey secretly: cuir air falbh fuidh làimh, dean gun fhios.
Smuggler, *s.* Fear-dèanaimh ceannachd gun chìs dhìoladh.
Smuggling, *s.* Ceannachd gun chìs-dhìoladh.
Smugness, *s.* Sgioltachd, sgeilmeileachd.
Smut, *s.* 1. A spot: ball sùithe, ball guail. 2. mildew: dubhadh, dothadh. 3. obscenity: drabastachd, draosdachd.
Smut, *v. a.* et *n.* 1. Stain: salaich, comharraich le ball dubh. 2. taint with mildew: dubh, doth. 3. gather rust: bi air do dhubhadh, bi air do dhothadh.
Smuttily, *adv.* See Smutty.
Smuttiness, *s.* 1. Soil from smoke: salacharachd. 2. obsceneness: drabastachd, draosdachd.
Smutty, *adj.* 1. Black with smoke or coal: dubh le sùith, dubh. 2. tainted with mildew: dubh, air dothadh. 3. obscene: draosda, drabasta, anmasguidh.
Snack, *s.* Cuibhrionn, earrann, pàirt, roinn.
Snaffle, *s.* Aghastair, srian.
Snaffle, *v. a.* Srian, cuir srian ri.
Snag, *s.* 1. A jag: sgòrr, faobhar. 2. a tooth: fiacail aonaranach.
Snagged, Snaggy, } *adj.* Sgorrach, cnapach, fiaclach.
Snail, *s.* Seilcheag.
Snake, *s.* Asc, nathair gun phuinnsean, nathair gun nimh.
Snaky, *adj.* Mar nathair, lùbach, dreach-lùbach.
Snap, *v. a.* et *n.* 1. Break at once: bris, bris gu grad. 2. strike: crac, crag. 3. bite: teum, thoir greim á. 3. snatch suddenly: tiolp, glac gu grad. 4. treat with sharp language: beum, geàrr.
Snap, *s.* 1. The act of breaking quickly: briseadh, grad-bhriseadh. 2. a greedy fellow: tollaran, tiolpadair. 3. a quick eager bite: greim, crioman, teumadh, tiolam. 4. a catch, a theft: tiolpadh, siolcadh.
Snapper, *s.* Tiolpadair, siolcair, fear-teumaidh.
Snappish, *adj.* 1. Eager to bite: tiolpach, teumach, sgaiteach. 2. peevish: tiolpach, beumach, sgaiteach, crosda, dreamlainneach.
Snappishly, *adv.* See Snappish.
Snappishness, *s.* Sgaiteachd, dranndan, dreamlainn.
Snare, *s.* Lìon, painntear, ribe, gòisne, peinnteal.
Snare, *v. a.* Painntirich, painntrich, rib, cuibhrich, cuir lìon mu.
Snarl, *v. a.* et *n.* 1. Entangle, embarrass: glac, rib, painntirich. 2. frown: bi grunsgulaich, dean grunsgul, dream. 3. speak roughly: labhair gu cas, bruidhinn gu colgach.
Snarler, *s.* Fear dranndanach, conusan, fear dreamlaineach, dreangan.
Snary, *adj.* Ribeachail, painntireach.
Snast, *s.* Smàl coinnle.
Snatch, *v. a.* et *n.* 1. Seize hastily: tiolp, glac, siab, beir air. 2. carry suddenly: tiolp, giùlain an cabhag. 3. bite eagerly at: greimich, tiolp.
Snatch, *s.* 1. A hasty catch: tiolpadh, tiolam, teumadh, grad-ghlacadh. 2. a short fit: tiolam, greis, deannal. 3. a small part: mìr, crioman, bìdeag.
Snatcher, *s.* Tiolpadair.
Snatchingly, *adv.* Gu luath-lamhach, gu tiolpach.
Sneak, *v. a.* et *n.* 1. Hide, conceal: falaich, ceil. 2. creep slyly: èalaidh, snàig, siap. 3. crouch, truckle: crùb.
Sneaking, *adj.* 1. Servile, mean: dìblidh, suarach, ìosal, tàireil. 2. niggardly: mìodhoir, spìocach, gionach, sanntach.
Sneakingly, *adv.* See Sneaking.
Sneap, *s.* Achmahasan, cronachadh, trod.
Sneer, *v. n.* Fochaidich, mag, seall fochaideach.

Sneer, *s.* Fanaid, fochaid, tàir, magadh, sgeig, scalladh, no, focal tarcuiseach.

Sneerer, *s.* Fanaidiche, sgeigear, fear-magaidh.

Sneeringly, *adv.* Le scalladh tarcuiseach, gu fanoideach.

Sneeze, *v. n.* Dean sreothart, bi sreothairtich.

Sneeze, *s.* Sreothart.

Sneezing, *s.* Sreothartaich.

Sneezewort, *s.* Meacan-roibe.

Snet, *s.* Blonag féidh.

Snip, *v. a.* Sgud, geàrr a dh'aon bheum.

Snip, *s.* 1. A single cut: sgudadh, gearradh. 2. a small shred: criomag, bìdeag.

Snipe, *s.* 1. A fowl: meannan-adhair, gobhair-adhair, croman-lòin, eun-ghabhrag. 2. a blockhead: amadan, baothair.

Snivel, *s.* Sglongaid, splangaid.

Snivel, *v. n.* 1. Run at the nose: sil splangaidean, ronnaich, bi sglongaideach. 2. cry as children: guil, caoin.

Sniveller, *s.* Boganach, cladhair.

Snore, *v. n.* Tarruing srann, dean srann.

Snore, *s.* Srann.

Snorer, *s.* Srannair.

Snort, *v. a.* et *n.* 1. Turn up in anger or scorn: coc sròn, cuir friodhan ort. 2. as in sleep: tarruing srann. 3. as a high-mettled horse: bi séidrich, dean srann.

Snorting, *s.* Srann, srannail.

Snot, *s,* Sglongaid, splangaid, clòimhcin.

Snotty, *adj.* Sglongaideach, splangaideach, fliuchshrònach, smugach.

Snout, *s.* Soc, gnos, bus, sròn, driùchdan.

Snouted, } Snouty, } *adj.* Socach, gnosach, busach.

Snow, *s.* Sneachd, sneachda.

Snow, *v. a.* et *n.* Cuir sneachd, dean sneachd, bi sneachd.

Snowdrop, *s.* Dithean tràthail.

Snow-white, *adj.* Sneachd-gheal, geal mar shneachd.

Snowy, *adj.* Sneachdach.

Snub, *s.* Meall, cnap, gath, alt.

Snub, *v. a.* et *n.* 1. Check, reprimand: bac, cronaich grab, troid ri. 2. nip: pioc, bìd. 3. sob with convulsions: tarruing osnadh.

Snudges, *s.* Spìocair, fear mìodhoir.

Snuff, *s.* 1. Smell: fàile, fàileadh, boladh. 2. of a candle: smàl. 3. powdered tobacco: snaoisean.

Snuff, *v. a.* et *n.* 1. Draw in the breath: sruab anail, deoghail anail. 2. scent: fairich fàile, mothaich boladh. 3. crop the candle: smàl. 4. snort: tarruing srann, dean srannail.

Snuffbox, *s.* Bocsa snaoisein, bòsdan.

Snuffer, *s.* Fear-gabhail snaoisein.

Snuffers, *s.* Smàladair.

Snuffle, *v. n.* Labhair roimh a' shròn, bruidhinn gu smùchdach.

Snuffler, *s.* Fear smùchdach.

Snug, *adj.* Seasgair, blàth, gaireil, ciorbail, còsagach.

Snugly, *adv.* See Snug.

Stand, *s.* 1. A station: seasamh, àite-seasaimh, ionad-seasaimh. 2. a stop: stad, fuireach, seasamh. 3. interruption: maille, stad. 4. act of opposing: seasamh. 5. difficulty: faspan, amladh, stailc. 6. a table on which vessels are placed: bòrd.

Standard, *s.* 1. An ensign in war: bratach, suaicheanta, meirghe. 2. proper test: riaghailt dhearbhta. 3. a settled rate: riaghailt shuidhichte. 4. a standing stem or tree: craobh.

Standardbearer, *s.* Fear-brataich, fear-suaicheantais.

Standel, *s.* Sean chraobh.

Stander, *s.* 1. One who stands: fear-seasaimh. 2. a tree: sean chraobh. 3. stander *by:* fear-amhairc.

Standing, *adj.* 1. Established: seasmhach, a' seasamh. 3. lasting: seasmhach, maireannach, bunaiteach. 3. stagnant: sàmhach, seasmhach. 4. fixed: suidhichte, neo-ghluasadach.

Standing, *s.* 1. Continuance: seasamh. 2. station: seasamh, ionad-seasaimh, àite-seasaimh. 3. power to stand: comas seasaimh. 4. rank: inbhe, cor.

Standish, *s.* Seasdubh.

Stannary, *s.* Mèinn fheòdair, mèinn staoin.

Stannary, *adj.* Staoineach.

Stanza, *s.* Ceithreamh, rann.

Staple, *s.* 1. A market: féill shuidhichte, margadh suidhichte. 2. of iron: stapull.

Staple, *adj.* Suidhichte, riaghailteach, margail.

Star, *s.* In the sky: rionnag, reannag, reul, reult.

Starboard, *s.* Taobh deas luinge, bòrd-beula, bòrd-beòil.

Starch, *s.* Stalcadair.

Starch, *v. a.* Stalc.

Starched, *adj.* Stalcanta, leacanta.

Starchedness, *s.* Leacantachd.

Starchness, *s.* See Starchedness.

Stare, *v. a.* et *n.* 1. Affect or influence by stares: sgeann, seall dùr. 2. it stares in the *face:* tha e dearbh shoilleir. 3. look with fixed eyes: spleuchd, sgeann. 4. stand out prominent: seas a mach.

Stare, *s.* Sgeann, spleuchd, sealladh dùr.

Starer, *s.* Spleuchdair.

Stargazer, *s.* Speuradair, reul-dhruidh, reuladair, càileadair.

Stark, *adj.* 1. Stiff, unbending: rag, teann, dearrasach. 2. deep, full, still: làn, domhain. 3. mere, simple: fìor, baoghalta.

Stark, *adv.* Gu tur, gu fìor, gu builleach.

Starkly, *adv.* See Stark, *adj.*

Starlight, *s.* Reul-sholus.

Starlike, *adj.* Reannagach, reulach, reultanach.

Starling, *s.* Druid.

Starred, Starry, } *adj.* Reannagach, reultach.

Starshoot, *s.* Sgeith-rionnag.

Start, *v. a.* et *n.* 1. Alarm, startle: clisg, cuir maoim air, thoir clisgeadh air. 2. bring into motion: caraich, dùisg. 3. put suddenly out of place: caraich. 4. feel a sudden twitch on the apprehension of danger: clisg, leum. 5. rise suddenly: éirich. 6. sudden quickness: leum, thoir briosgadh. 7. shrink: crup. 8. deviate: leum a mach. 9. set out: falbh.

Start, *s.* 1. A motion of terror: clisgeadh, briosgadh, baoghal, maoim, briosg. 2. a sudden rousing to action: beum, dùsgadh, mosgladh. 3. sudden fit: greis. 4. sally, vehement eruption: grad leum, briosgadh. 5. act of setting out: tòiseachadh,

falbh. 6. get the start: falbh air thoiseach, bi ṙoimhe.

STARTER, *s.* 1. One that shrinks from his purpose: gealtair, cladhair. 2. one who suddenly moves a question or objection: fear-togail cheistean. 3. a dog that rouses the game: cù cunnaich.

STARTING, *s.* Clisgeadh, briosgadh, leum.

STARTING POST, *s.* Ceann-réis.

STARTLE, *v. a.* et *n.* 1. Fright: clisg, cuir eagal air, cuir maoim air. 2. deter: cum air ais. 3. shrink: crup, crùb.

STARTLE, *s.* Clisgeadh, briosg, briosgadh, maoim.

STARVE, *v. a.* et *n.* 1. Kill with hunger: reang, cuir a' ghort ann, aognaich. 2. with cold: gon, meilich. 3. deprive of force or vigour: lagaich, reang. 4. perish with hunger: reang, rach bàs le gort.

STARVELING, *s.* Gortan.

STARVELING, *adj.* Reangach, gortach, caol, aognaidh.

STARWORT, *s.* See Elecampane.

STATE, *s.* 1. Condition: staid, cor, inbhe. 2. modification: cor, staid. 3. estate: oighreachd, seilbh. 4. mode of government: riaghailt, dòigh. 5. the community: rìoghachd, uachdranachd, comh-ḟhlaitheachd. 6. a republic: comh-fhlaitheachd. 7. rank: inbhe. 8. solemn pomp: greadhnachas, mòralachd. 9. a canopy: ceann-bhrat, còmhdach rìoghail. 10. the principal persons in the government: luchd-riaghlaidh.

STATE, *v. a.* 1. Settle, regulate: suidhich, socraich. 2. represent in all the circumstances of modification: cuir sìos, aithris gu puncail.

STATED, *adj.* Suidhichte, riaghailteach.

STATEDLY, *adv.* See Stated.

STATELINESS, *s.* 1. Majestic appearance: stàidealachd, greadhnachas, mòralachd. 2. affected dignity: spailpeas, mòr-chuis.

STATELY, *adj.* Stàideil, mòralach, meanmnach, greadhnach, flathail, ceumail, ceumanta, faicheil, allail.

STATELY, *adv.* See Stately, *adj.*

STATEMENT, *s.* Cunntas.

STATES, *s.* Maithean, uaislean.

STATESMAN, *s.* Comhairleach-rìoghachd, fear a dh' àrd chomhairle na rìoghachd.

STATICS, *s.* Eòlas cothromachaidh.

STATION, *s.* 1. The act of standing: seasamh. 2. where any one is placed: àite-seasaimh, ionad-seasaimh. 3. office: dreuchd, oifig. 4. situation, position: suidheachadh, leagadh. 5. character, state: cor, staid. 7. rank: inbhe.

STATIONARY, *adj.* 1. Fixed: suidhichte, neo-ghluasadach, anns an aon àite. 2. belonging to a stationer: a bhuineas do leabhar-ṙeiceadair.

STATIONER, *s.* Leabhar-reicear, leabhar-reiceadair.

STATUARY, *s.* 1. Carving of images: grabhaladh, dealbhadh, dealbhadaireachd, snaitheadh dhealbhan. 2. one that makes statues: dreachadair, dealbh-liobhair, grabhaltaich, dealbhadair.

STATUE, *s.* Dealbh, ìomhaigh, riochd, dealbh snaidhte.

STATURE, *s.* Àirde.

STATUTE, *s.* Reachd, reachd-dhaingneach, lagh, àithne.

STATUTORY, *adj.* Reachd-cheangailte.

STAVE, *v. a.* et *n.* 1. Break in pieces: bris, spealg, cuir 'n a chlàraibh. 2. push away: pùc, put, purr. 3. pour out: dòirt, taom. 4. fight with staves: slachd, bat.

STAY, *v. a.* et *n.* 1. Withhold: cuir stad air, cum. 2. delay: maillich, amail, bac. 3. keep from departure: cum, gléidh. 4. wait for: fuirich ṙi, fan ṙi. 5. support: taic, prop, cum suas. 6. continue: fuirich, fan, mair. 7. wait: fan, feith, fuirich. 8. stand still: seas, fuirich. 9. dwell: fuirich, tuinich, còmhnuich. 10. rest confidently: leig taice ṙi, earb. 11. give submissive attendance: feith, fritheil do.

STAY, *s.* 1. In a place: fuireach, fantuinn, cumalas, mairsinn. 2. stand, cessation of progress: seasamh, stad, tàmh, fuireach. 3. an obstruction: amladh, grabadh. 4. restraint, caution: faicill, aire. 5. a prop, support: taice, curaing, curainn.

STAYED, *adj.* Suidhichte socruichte.

STAYEDLY, *adv.* See Stayed.

STAYEDNESS, *s.* 1. Solidity, weight: cudthrom, truimead. 2. composure, prudence, gravity: suidheachadh, socair.

STAYER, *s.* Fear-cumail, fear-cuideachaidh.

STAYLACE, *s.* Stiall-theannachaidh iall cléibh.

STAYMAKER, *s.* Bean-dhèanaimh chliabhan.

STAYS, *s.* 1. Bodice: cliabhan, peiteag bheag. 2. ropes in a ship: buill sheòl. 3. station, fixed anchorage: acarsaid. 4. any support: taice, curaing.

STEAD, *s.* 1. Room, place: àite, ionad, riochd. 2. use, help: feum, còmhnadh. 3. of a bed: leaba.

STEADFAST, *adj.* 1. Fast in place: suidhichte, daingean, bunaiteach. 2. constant, resolute: bunaiteach, seasmhach, daingean. 3. not turned aside by fear: neo-ghealtach, neo-sgàthach, suidhichte.

STEADFASTLY, *adv.* See Steadfast.

STEADFASTNESS, *s.* Seasmhachd, diongmhaltas, bunailteas.

STEADILY, *adv.* See Steady.

STEADINESS, s. 1. State of being not tottering: bunailt, seasmhachd, daingneachd. 2. firmness: seasmhachd, bunailt, bunailteas.

STEADY, *adj.* 1. Firm, fixed: daingean, suidhichte. 2. regular, constant: riaghailteach, bunailteach. 3. not fickle: seasmhach, diongmhalta, bunailteach.

STEAK, *s.* Toitean, staoig, fillean.

STEAL, *v. a.* et *n.* 1. Take by theft: goid, slad, dean mèirle. 2. withdraw without notice: goid, sèap. 3. pass silently: goid, seap.

STEALER, *s.* Mèirleach, gaduiche.

STEALTH, *s.* Goid, mèirle, gaduidheachd, braid, slaid. By stealth: gu dìomhair, o 's ìosal.

STEALTHY, *adj.* Dìomhair foluichte, uaigneach.

STEAM, *s.* Toit, smùid, deathach. Steam-boa bàta-smùid, smùid-bhàt'.

Steam, *v. a.* et *n.* 1. Exhale, evaporate: cuir smùid dhiot, cuir deatach dhiot. 2. smoke or vapour with moist heat: smùid. 3. pass in vapours: smùid, éirich mar dheataich.

Steed, *s.* Steud-each, steud, each-marcachd.

Steel, *s.* 1. Hardened iron: stàilinn, cruaidh. 2. weapons or armour: stàilinn, arm.

Steel, *adj.* Stàilinneach, cruaidh.

Steel, *v. a.* 1. Point or edge with steel: cuir cruaidh air, cuir stàilinn air. 2. make hard or firm: cruadhaich, dean teann.

Steely, *adj.* 1. Made of steel: stàilinneach. 2. hard, firm, unfeeling: cruaidh, an-iochdmhor.

Steelyard, *s.* Meidheadair, biorsamaid.

Steep, *adj.* Corrach, cas.

Steep, *s.* Bruach, bruthach, uchdach, uchdan, aonach.

Steep, *v. a.* Bogaich, taisich, tum.

Steeple, *s.* Troraid, turaid, clag-lann, claigeach.

Steepled, *adj.* Troraideach.

Steepness, *s.* Caisead, corraichead.

Steeply, *adv.* See Steep, *adj.*

Steepy, *adj.* See Steep, *adj.*

Steer, *s.* Tarbh òg, damh òg.

Steer, *v. a.* et *n.* 1. Direct: stiùir, steòrn, treòraich. 2. at sea: stiùir, riaghail. 3. conduct yourself: riaghail, stiùir, iomchair.

Steerage, *s.* 1. The act or practice of steering: stiùradh, stiùradaireachd, steòrnadh. 2. direction: seòladh, stiùradh. 3. management of any thing: riaghladh, stiùradh. 4. in a ship: seòmar na cumant'.

Steerer, **Steersman**, **Steersmate**, *s.* Stiùradair.

Stellion, *s.* Dearc-luachrach.

Stem, *s.* 1. The stalk: cas, cuiseag, cuinnlein, lurg. 2. family, race: freumh, gineal, teaghlach, sinnsireachd. 3. progeny: sliochd, gineal, cinneadh. 4. of a ship: toiseach.

Stem, *v. a.* Caisg, coisg, cum ṙoimhe.

Stench, *s.* Droch àileadh, boladh breun, samh mosach, tòchd, bréine.

Step, *v. n.* 1. By the foot: céim, céimnich, céimich, imich, ceum, cois-chéimnich. 2. move mentally: imich, siubhail. 3. go, walk: cois-chéimnich, coisich, imich, siubhail. 4. come as it were by chance: thig. 5. walk gravely: spaisdirich, spaidsirich.

Step, *s.* 1. Progression: ceum, cois-cheum. 2. a stair: ceum. 3. gradation: ceum, inbhe. 4. act of advancing: dol air aghart, gluasad. 5. of the foot: lorg, aile. 6. gait: coiseachd, imeachd. 7. action: gnìomh.

Step-child, *s.* Dalta.

Step-daughter, *s.* Dalta, leas-ṅighean.

Step-father, *s.* Oide, leas-athair.

Step-mother, *s.* Leas-mhathair, muime.

Step-sister, *s.* Leth-phiuthar, leas-phiuthar.

Stepping, *s.* Ceumnachadh, coiseachd.

Steppingstone, *s.* Clach-shaltairt, clacharan, stair.

Sterile, *adj.* Neo-thorach, neo-shìolmhor, seasg, aimrid.

Sterility, *s.* Neo-thoraiche, neo-thorraichead, seasgaiche.

Sterling, *adj.* 1. English money: Sasunnach. 2. genuine: fallain, fìor, fìrinnach.

Sterling, *s.* Airgiod Sasunnach.

Stern, *adj.* 1. Of countenance: gruamach, goillеach, colgarra, duairceach, gnù. 2. of manners: cruaidh, garg, borb, an-iochdmhor. 3. hard, afflictive: cruaidh, doilgheasach, cràidhteach.

Stern, *s.* 1. Of the ship: deireadh. 2. direction: stiùradh, seòladh, steòrnadh, riaghladh. 3. the hinder part: deireadh.

Sternly, *adv.* See Stern, *adj.*

Sternness, *s.* 1. Of look: gruamachd, gruaim, duairceas. 2. of manners: cruas, an-iochd.

Steven, *s.* Glaodh, raoichd, àrd-ghairm.

Stew, *v. a.* et *n.* 1. Seethe with a slow heat and little water: bruich an aghann, stòbh. 2. be seethed with a slow moist heat: be air do stòbhadh.

Stew, *s.* 1. A hot-house: tigh-teth, tigh-faircidh. 2. a brothel: druis-lann, tigh-strìopach. 3. a prostitute: strìopach, siùrsach. 4. meat stewed: stòbhadh.

Steward, *s.* Stiùbhard, riaghlair, riaraiche.

Stewardship, *s.* Stiùbhardachd, riaghlaireachd.

Stewpan, *s.* Aghann-stòbhaidh.

Stick, *s.* Maide, bata, bioran, bior, lorg, steafag.

Stick, *v. a.* et *n.* 1. Fasten on: thoir leantail air, teannaich. 2. adhere: lean, coimh-ḟean, dlùthaich ṙi. 3. be inseparable: greimich, dlùth-ḟean. 4. upon the memory: lean ṙi. 5. lose motion: stad, seas. 6. forsake not: fuirich, fan. 7. cause dfficulties or scruple: bi fuidh imcheist, bi 's an ioma-chomhairle. 8. scruple, hesitate: ob. 9. stick *out:* seas a mach.

Stick, *v. a.* 1. Stab: torchuir, sàth, lot. 2. fix upon a pointed body: cuir an sàs, cuir air bior.

Stickiness, *s.* Leanailteachd, rìghneachas.

Stickle, *v. a.* et *n.* 1. Compound: ceartaich, réitich. 2. take part with one side: cum taobh ṙi, gabh taobh. 3. altercate: cònsaich.

Stickler, *s.* 1. An arbitrator: breitheamh. 2. an obstinate contender: deasboir, fear taobh-ghabhail.

Stiff, *adj.* 1. Rigid, inflexible: teann, dearrasach, rag, do-lùbaidh. 2. not soft, not giving way: righinn, rag. 3. not easily resisted: laidir, cruaidh. 4. hardy, stubborn: cruaidh, dobhranach, reasgach. 5. obstinate: dearrasach, reasgach, dùr, rag-mhuinealach. 6. not written with ease: teann, ceangailte. 7. formal: leacanta, pròiseil, ro dheasghnàthach.

Stiffen, *v. a.* et *n.* 1. Make stiff: stalc, teannaich, ragaich, dean rag. 2. grow stiff: rag, fàs rag, fàs righinn, fàs teann. 3. grow hard: cruadhaich, fàs cruaidh. 4. grow obstinate: fàs dùr, fàs rag-mhuinealach.

Stiffhearted, *adj.* Dùr, reasgach, rag-mhuinealach, dearrasach.

STIFFLY, *adv.* See Stiff, *adj.*

STIFFNECKED, *adj.* Rag-mhuinealach, dearrasach, cruaidh-mhuinealach.

STIFFNESS, *s.* 1. Rigidity, inaptness to bend: rìghnead, rìghneachas, daingneachd. 2. torpidness: rìghnead, raige. 3. obstinacy: rag-mhuinealachd, rag-bheartachd, dùrantachd. 4. unpleasing formality: leacantachd, stùcaireachd. 5. rigorousness, harshness: an-iochd, cruas.

STIFLE, *v. a.* 1. Suffocate: mùch, tachd. 2. hinder from emission: cum a stigh, druid, dùin. 3. extinguish: mùch, caisg, coisg. 4. suppress, conceal: foluich, ceil.

STIGMA, *s.* 1. A mark with a hot iron, brand: comharradh, ailt-losgaidh. 2. a mark of infamy: comharradh-maslaidh, mi-chliù, ball-tàmailt.

STIGMATIZE, *v. a.* Maslaich, comharraich.

STILE, *s.* 1. To pass from one enclosure to another: ceum-bealaich, staidhir. 2. in a sun-dial: faileasaiche.

STILETTO, *s.* Cuinnsear, biodag.

STILL, *v. a.* 1. Silence, make silent: cuir sàmhach, tosdaich. 2. quiet, appease: ciùinich, sìthich, clòth. 3. make motionless: dean sàmhach, cuir sàmhach.

STILL, *adj.* 1. Silent: sàmhach, balbh, tosdach. 2. quiet, calm: sàmhach, ciùin, fèitheil. 3. motionless: sàmhach, gun ghluasad, gun charachadh. 4. gentle, not loud: sèimh, ciùin.

STILL, *s.* 1. Calm, silent: sàmhchair, ciùine. 2. for distillation: poit-thogalach, poit-dubh.

STILL, *adv.* 1. To this time: gu so, fathast. 2. nevertheless: gidheadh, fathast, air a shon so. 3. in an increasing degree: fathast, fòs, a thuilleadh. 4. always: a ghnàth, daonnan. 5. after that: an déigh sin.

STILLBORN, *adj.* Marbh aig breith.

STILLING, *s.* 1. The act of stilling: ciùineachadh, cur sàmhach. 2. a stand for casks: bòrd bhuideal.

STILLNESS, *s.* 1. Calm, quiet: sàmhchair, tosdachd, ciùine, fèathamhlachd, clos, fiath. 2. taciturnity: sàmhchair, tosdachd.

STILLY, *adv.* See Still, *adj.*

STILTS, *s.* Casa-corrach.

STIMULATE, *v. a.* 1. Prick: bior, biorg, spor, brod. 2. prick forward: brod, spor, brosnuich, greas, stuig. 3. (in physic): biorg.

STIMULATION, *s.* Brosnuchadh, brodadh, spor, stuigeadh.

STIMULATIVE, *adj.* A' brosnuchadh, a' sporadh.

STING, *v. a.* 1. Pierce or wound: lot, guin, gon. 2. pain acutely: guin, gon, leòn, cràidh.

STING, *s.* 1. Of an animal: gath, bior-nimhe. 2. that gives pain: guin, goimh, biorgadh. 3. of conscience: agartas, iom-choire.

STINGILY, *adv.* See Stingy.

STINGINESS, *s.* Mìodhoireachd, spìocaireachd, mosaiche, crìne, ceacharrachd.

STINGLESS, *adj.* Gun ghath.

STINGO, *s.* Sean leann.

STINGY, *adj.* Mìodhoir, spìocach, crion, gionach, cruaidh, sanntach, ceacharra.

STINK, *v. n.* Bi breun, cuir droch bholadh dhiot.

STINK, *s.* Tùt, droch bholadh, boladh breun, droch fhàile.

STINKARD, *s.* Bréinean, spìocair.

STINKINGLY, *adv.* Le droch bholadh.

STINT, *v. a.* et *n.* 1. Bound, limit, confine: cuibhrich, cuingich, cuir crìoch ri. 2. cease, stop, desist: stad, seas, sguir.

STINT, *s.* 1. Limit, bound: crìoch, cuing, bacadh. 2. a proportion: earrann, cuibhrionn, cuid.

STIPEND, *s.* Pàidheadh suidhichte, tuarasdal, duais, luach-saoithreach, stìpean.

STIPENDIARY, *s.* Tuarasdalach, fear-tuarasdail.

STIPENDIARY, *adj.* Tuarasdalaichte.

STIPULATE, *v. n.* Cùmhnantaich, réitich, suidhich air chumha.

STIPULATION, *s.* Cùmhnant, coimh-cheangal.

STIPULATOR, *s.* Fear-cùmhnaint.

STIR, *v. a.* et *n.* 1. Remove from its place: caraich, gluais, caislich, cuir á 'àite. 2. agitate: tog. 3. instigate: brosnuich, brod, mosgail, dùisg, stuig, beothaich. 4. excite: tog, séid suas. 5. stir *up*: bruidich, brosnuich, tog suas. 6. move one's self: caruich, gluais. 7. rise in the morning: éirich, bi air do chois.

STIR, *s.* 1. Tumult: eachrais, ùprait, buaireas. 2. commotion: éiridh, buaireas, aimhreit. 3. of thought: buaireas, troimh-chéile.

STIRRER, *s.* 1. One who is in motion: fear-gluasaid, fear-buaireis. 2. a riser in the morning: fear-moch-éiridh. 3. an instigator: buaireadair, fear-brosnuchaidh.

STIRRING, *s.* Carachadh, gluasad, brosnuchadh.

STIRRUP, *s.* Cas-ròp.

STITCH, *v. a.* 1. Sew: fuaigh, fuaigheil. 2. join, unite: fuaigh, càirich. 3. practise needlework: bi fuaigheal, fuaigh.

STITCH, *s.* 1. Of the needle and thread: greim, greim fuaigheil. 2. a sharp pain: greim, biorgadh, guin, goimh, acaid.

STITHY, *s.* Innean.

STIVE, *v. a.* 1. Stuff up close: lìon teann, dinn. 2. make hot or sultry: dean teth, dean bruich.

STIVER, *s.* Bonn-sè Òlaindeach.

STOCK, *s.* 1. Of a plant: stoc, lurg, calp. 2. a log: sail. 3. a man proverbially stupid: umpaidh, pleòisg. 4. handle: làmh. 5. of a ship while building: fuaigh-shlat. 6. a cravat: stoc, bann-muineil. 7. a lineage: sliochd, sìol, gineal, pòr. 8. the principal, capital store: stoc, cuid, earras, feudail. 9. a fund established by the government: féill an airgid. 10. for the legs: ceap.

STOCK, *v. a.* 1. Store: lìon, stocaich. 2. lay up: cruach, càrn. 3. put in the stocks: cuir 's a' cheap. 4. extirpate: sgrios, thoir á bun.

STOCKFISH, *s.* Trosg tioram.

STOCKING, *s.* Stocaidh, stocain, cas-bheairt.

STOCKS, *s.* Ceap.

STOIC, *s.* Stoiceach, feallsanach gruamach.

STOLE, *s.* Còta fada.

STOMACH, *s.* 1. In which food is digested: goile, binid. 2. appetite, desire of food: goile, càil, cìoc-

ras. 3. inclination: toil, togradh, déigh. 4. anger: fearg, corruich. 5. sullenness: falachd, gamhlas, tnù. 6. haughtiness: àrdan, uaibhreachas.
STOMACH, *v. a.* et *n.* 1. Resent: dìoghail. 2. be angry: gabh fearg, gabh gu dona.
STOMACHED, *adj.* Feargach, dìoghaltach, gamhlasach.
STOMACHER, *s.* Bréid-uchda.
STOMACHFUL, *adj.* Feargach, coiripte, gruamach.
STOMACHIC, *s.* Iocshlàint goile.
STOMACHLESS, *adj.* Neo-chìocrach, neo-ocrach.
STONE, *s.* Clach, cloch.
STONE, *adj.* Do chloich, cloiche.
STONE, *v. a.* 1. Pelt or beat with stones: clach. 2. harden: cruadhaich. 3. remove stones: caraich clachan.
STONECHATTER, *s.* Clacharan.
STONEFRUIT, *s.* Meas 's am bheil clach.
STONEHORSE, *s.* Àigeach, meidh-each, greigheach.
STONEPIT, *s.* Clach-thochailt.
STONESCART, *s.* Urchair-chloiche.
STONEWORK, *s.* Togail chloiche.
STONY, *adj.* 1. Made of stone, or abounding with stones: clochmhor, clachach. 2. hard, unrelenting: cruaidh, an-iochdmhor.
STOOK, *s.* Rùcan, mullan, adag.
STOOL, *s.* 1. A seat without a back: being, suidheagan, stòl, furm, bòrd. 2. by purgative medicines: cac, fuasgladh cuirp. 3. stool of *repentance:* stòl an aithreachais.
STOOP, *v. a.* et *n.* 1. Submit: géill, strìochd. 2. bend down: cùb, crom, lùb. 3. yield, bend, submit: crup, crùb, cùb, strìochd, gèill. 4. descend from rank or dignity: ìslich, irioslaich. 5. condescend: ìslich, irioslaich. 6. alight from the wing: tèarn. 7. sink to a lower place: tuit.
STOOP, *s.* 1. Act of stooping: cromadh, lùbadh, aomadh, crùbadh. 2. from dignity: ìsleachadh. 3. of a bird upon his prey: tèarnadh. 4. a vessel of liquor: cuinneag.
STOOPER, *s.* Fear-cromaidh.
STOOPINGLY, *adv.* Le cròmadh, le h-aomadh.
STOP, *v. a.* et *n.* 1. Hinder from progressive motion: cum, maillich, cuir stad air, bac. 2. hinder from action or practice: cum, bac, cuir bacadh. 3. close any aperture: dùin, stop. 4. encumber: amail, maillich, grab. 5. cease to go forward: stad, seas, fuirich, fan. 6. cease from any course of action: sguir, leig dhiot, foisich.
STOP, *s.* 1. Cessation of progressive motion: stad, seasamh. 2. hindrance: amladh, grabadh, stad. 3. repression: stad, seasamh. 4. a cessation of action: stad, fuireach. 5. the act of applying the stops in music: stad. 6. a point in writing: stad, ceann-sgur.
STOPPAGE, *s.* Grabadh, amladh, moille.
STOPPER, *s.* Fear-dùnaidh.
STOPPLE, *s.* Ceann searraig, àrcan, stoipeal.
STORE, *s.* 1. Large quantity: pailteas, leòir. 2. a stock accumulated: stòr, tasgaidh. 3. storehouse: taisgeach, taisgeadan, tigh-tasgaidh.
STORE, *v. a.* 1. Furnish, replenish: lìon, uidheamaich, stòr, stocaich. 2. lay up, hoard: cruach, càrn, trus, cruinnich.
STOREHOUSE, *s.* Taisgeach, taisgeadan, gabhadan, tigh-tasgaidh.
STORIED, *adj.* Ùr-sgeulach, seanachasach.
STORK, *s.* Corra-bhàn.
STORM, *s.* 1. Of the elements: stoirm, ànradh, doinionn, gaillionn. 3. assault in a fortified place: ionnsuidh air baile dìona. 3. commotion, tumult: aimhreit, buaireas. 4. affliction, distress: doilgheas, càs, cruaidh-chas, dian neart, spàirn.
STORM, *v. a.* et *n.* 1. Attack by open force: thoir ionnsuidh làidir. 2. raise tempests: tog stoirm, séid. 3. rage, fume: bi làn corruich, bi air bàinidh.
STORMY, *adj.* 1. Tempestuous: stoirmeil, fiadhaich, doinionnach, gaillionach. 2. violent, passionate: fiadhaich, feargach.
STORY, *s.* 1. Account of things passed: eachdraidh, sgeul, naidheachd. 2. small tale: sgeul, uirsgeul, sgeulachd. 3. petty fiction: faoin-sgeul, ùr-sgeul. 3. a flight of rooms: ùrlar, clàrach.
STOT, *s.* Damh.
STOVE, *s.* A hot-house: tigh-teth. 2. by which heat it communicated: àmhuinn, stòbh.
STOVE, *v. a.* Blàthaich le àmhuinn.
STOUND, *v. n.* Bi doilgheasach, bi cràidhteach.
STOUT, *adj.* 1. Strong, lusty: làidir, calma, curanta moighre, boinneanta. 2. brave: misneachail, gaisgeil, treun. 3. resolute: daingean, danarra. 4. strong, firm: daingean, taiceil, gramail.
STOUTLY, *adv.* See Stout.
STOUTNESS, *s.* 1. Strength, valour: neart, spionnadh, gaisge, gaisgeachd, plocantachd, gramalas. 2. boldness, fortitude: dànachd, calmachd, curantachd. 3. obstinacy, stubbornness: dearras, danarrachd.
STOW, *v. a.* Luchdaich, taisg, càrn suas.
STOWAGE, *s.* 1. Room for laying up: taisgeadan, àite tasgaidh. 2. the thing stowed: tasgaidh.
STRADDLE, *v. n.* Falbh spàgach, imich gobhlach.
STRAGGLE, *v. n.* 1. Rove: seabhaid, rach air iomrall. 2. shoot too far: sgaoil ro fhada, sìn a mach. 3. be dispersed: sgaoil, bi air leth.
STRAGGLER, *s.* Fear seabhaideach, fear iomrallach, fear-fuadain.
STRAIGHT, *adj.* 1. Not crooked: dìreach, calgdhìreach. 2. right: dìreach, ceart. 3. narrow, close: cumhang, caol. 4. tense, tight: daingean, teann.
STRAIGHT, *adv.* Gun dàil, gun mhoille, air ball.
STRAIGHTEN, *v. a.* 1. Make not crooked: dìrich, dean dìreach. 2. make tense, tighten: teannaich, daingnich.
STRAIGHTLY, *adv.* See Straight, *adj.*
STRAIGHTNESS, *s.* 1. The contrary to crookedness: dìrichead. 2. tension, tightness: daingneachd.
STRAIGHTWAY, *adv.* An ceart uair, gun dàil, gu h-ealamh.
STRAIN, *v. a.* et *n.* 1. Squeeze through something: fàisg. 2. purify by filtration: sìolaidh. 3. squeeze in an embrace: teannaich, dlùthaich. 4. sprain:

siach, sníomh, sguch. 5. put to its utmost strength: dean spàirn, cuir thuige. 6. make strait: teannaich, daingnich. 7. constrain: éignich, comhéignich. 8. make violent efforts: dean spàirn. 9. be filtred by compression: sìolaidh.

Strain, *s.* 1. An injury by too much violence: siachadh, sníomh. 2. race, generation: ginealach, sìol. 3. hereditary disposition: nàdur, càil, norabh. 4. style: seòl-labhairt. 5. song, note: fonn, òran. 6. rank, character: inbhe, staid.

Strainer, *s.* 1. An instrument of filtration: sìolachan. 2. one who exerts his utmost strength: fear-cruaidh-spàirn.

Straining, *s.* 1. The act of filtration, the substance strained: sìoladh. 2. of putting to the utmost stretch: toirt làn oidhirp.

Strait, *adj.* 1. Narrow: cumhang, cumhann, aimh-leathan, caol. 2. close, intimate: dlùth, teann. 3. strict, rigorous: teann, cruaidh. 4. difficult: deacair, duilich. 5. avaricious: gann, crìon, mìodhoir.

Strait, *s.* 1. A narrow pass: cunglach, caolas, cumhann, cneas mara. 2. distress, difficulty: càs, cruaidh-chàs, éigin, àirleig, sàs.

Strait, *v. a.* Cuir an càs, cuir an éigin, teannaich, sàruich.

Straiten, *v. a.* 1. Make narrow: cumhangaich, dean cumhann, dean aimh-leathan. 2. contract, confine: teannaich, iom-dhruid. 3. distress, perplex: sàruich, claoidh.

Straithanded, *adj.* Gann, cruaidh, teann, spìocach.

Straitlaced, *adj.* Teannaichte, teann.

Straitly, *adv.* See Strait, *adj.*

Straitness, *s.* 1. Narrowness: cuinge, cuingead. 2. strictness: cruas, teinnead. 3. distress, difficulty: cruaidh-chas, teanndachd. 4. want, scarcity: gainne, gainnead.

Strand, *s.* Cladach, tràigh, bruach.

Strand, *v. a.* Tilg air tanalach.

Strange, *adj.* 1. Foreign: coimheach, coigreachail, eil-thireach, allmhara. 2. not domestic: ùr, annasach. 3. wonderful: iongantach, gàbhaidh, neònach. 4. odd: neònach, neo-choitchionn. 5. unknown, new: ùr, nuadh. 6. uncommonly good or bad: anabarrach.

Strange, *interj.* Ro ǹeònach.

Strangely, *adv.* See Strange.

Strangeness, *s.* 1. Foreignness: coimheachas. 2. uncommunicativeness: coimheachas. 3. natural dislike: coimheachas, fuath. 4. wonderfulness: neònachas, iongantas.

Stranger, *s.* 1. A foreigner: coimheach, coigreach, gall, eil-thìreach. 2. one unknown: coigreach. 3. a guest: aoidh. 4. one unacquainted: coigreach.

Strangle, *v. a.* Tachd, mùch, marbh.

Strangling, *s.* Tachdadh, mùchadh.

Strangulation, *s.* Tachdadh, mùchadh.

Strangury, *s.* Cuing-fhuail.

Strap, *s.* Stail, stiall, crios, iall.

Strap, *v. a.* Gréidh, buail le crios.

Strapping, *adj.* Mòr, àrd, lasgarra.

Stratagem, *s.* Car, cleas, innleachd, seòltachd.

Strath, *s.* Srath, gleann.

Stratum, *s.* Breath.

Straw, *s.* Fodar, connlach, sràbh. It is not worth a *straw:* cha 'n fhiach e sràbh.

Strawberry, *s.* Sùbhag làir, suidheag làir.

Strawy, *adj.* Sràbhach.

Stray, *v. n.* Seabhaid, rach air seacharan, rach air iomrall.

Stray, *s.* 1. Any creature wandering beyond its limits: creutair seabhaideach. 2. act of wandering: seabhaid, iomrall, seacharan.

Strayer, *s.* Fear seabhaideach, fear iomrallach.

Straying, *s.* Seabhaid, dol air seacharan.

Streak, *s.* Stiall, srian, sgrìob.

Streak, *v. a.* Stiall, dean breac, dean grìs-fhionn.

Streaky, *adj.* Stiallach, ballach, grìs-fhionn, riabhach srianach.

Stream, *s.* 1. Of water: sruth. 2. issuing from a head: sruth, sileadh. 3. forcible and continued: sruth, dian-shruth. 4. course, current: cùrsa, triall.

Stream, *v. a.* et *n.* 1. Pour, send forth: dòirt, taom. 2. mark with colours in long tracks: stiall. 3. flow: sruth, sil, ruidh. 4. issue forth with continuance: sruth.

Streamer, *s.* Suaicheantas, bratach, sròl.

Streamlet, *s.* Sruthan.

Streamy, *adj.* 1. Abounding in streams: sruthach, sruthanach. 2. flowing with a current: sruthach, luath, a' ruidh cas.

Strut, *s.* Sràid, bothar.

Strength, *s.* 1. Force, vigour: neart, spionnadh, lùths, clìth. 2. of endurance: neart, làidireachd, gramalas, greimealas, calmachd. 3. vigour: neart, treòir, comas. 4. of resistance: daingneachd, neart. 5. support: taic, cùl-taic. 6. mental: càil, comas. 7. spirit: beothalachd, smioralachd. 8. of writing: neart. 9. legal force: neart. 10. confidence imparted: neart, dòchas. 11. armament: neart, feachd, armailt. 12. argumentative force: cumhachd, neart.

Strengthen, *v. a.* et *n.* 1. Make strong: neartaich, làidrich. 2. establish: suidhich, socraich, daingnich. 3. animate: misnich, beothaich, neartaich. 4. grow strong: fàs làidir.

Strengthener, } *s.* Fear-neartachaidh, culaidh-ǹeartachaidh.
Strengthner, }

Strengthless, *adj.* Fann, lag, gun neart, gun spionnadh, gun treòir.

Strenuous, *adj.* 1. Brave, bold: calma, catharra, curanta, gleusda, foghainteach, treun, gramail, oidhirpeach, dùrachdach. 2. zealous, vehement: bras, dian, dìchiollach.

Strenuously, *adv.* See Strenuous.

Strenuousness, *s.* Dìchioll, oidhirp, déine, dùrachd.

Stress, *s.* 1. Important part: cudthrom, neart, brìgh. 2. violence: ainneart, éigin.

Stretch, *v. a.* 1. Spread out to a distance: sìn, righ. 2. expand, display: sgaoil, sìn a mach. 3.

to the utmost: sìn, tarruing a mach. 4. make tense: teannaich. 5. farther than is right: siach. 6. elongate: leudaich. 7. be extended: bi sìnte. 8. sally beyond the truth: rach thar a' chòir.

Stretch, *s.* 1. Extension: sìneadh, sgaoileadh, leudachadh. 2. force of body extended: neart, spionnadh, sìneadh. 3. effort, struggle: oidheirp, deuchainn, ionnsuidh.

Stretcher, *s.* 1. Any thing used for extension: uidheam sìnidh. 2. against which the rower plants his feet: taice cois ràmhaiche.

Strew, *v. a.* See Strow.

Strewing, *s.* Sgaoileadh, crathadh.

Striate, Striated, *adj.* Claiseach.

Strict, *adj.* 1. Accurate: puncail, leacanta, teann. 2. severe, rigorous: cruaidh, teann. 3. confined: cumhang, aimh-leathan. 4. close, tight: teann, daingean.

Strictly, *adv.* See Strict.

Strictness, *s.* 1. Exactness: puncalachd, teanntachd, cruaidh riaghailt. 2. severity, rigour: cruas, puncalachd, teanntachd. 3. closeness, tightness: daingneachd.

Stricture, *s.* 1. A stroke, a touch: buille, beantainn, beantuinn. 2. contraction: crupadh, teannachadh. 3. upon a subject: beantainn, beantuinn.

Stride, *s.* Sìnteag, sùrdag, leum, ceum fada.

Stride, *v. n.* 1. Walk with long steps: thoir sìnteag, thoir sùrdag. 2. stand with the legs far from each other: seas gobhlach.

Strife, *s.* 1. Contention, discord: aimhreit, aisith, comh-strì, cònsuchadh, buaireas, arabhaig. 2. contest of emulation: comh-strì, coimh-ghleachd.

Strifeful, *adj.* Comh-stritheach, connspoideach, aimhreiteach, tuasaideach, buaireasach.

Strike, *v. a.* et *n.* 1. By a blow: buail. 2. punish: buail, dòrn, peanasaich, collainnich. 3. dash: bruan, buail, tilg. 4. stamp: buail, comharraich, cuir ail' air. 5. lower: ìslich, thoir sìos. 6. alarm: buail, clisg. 7. make a bargain: buail thairis. 8. forge: cùinn. 9. stricken in *years*: sean. 10. strike *off*, erase; thoir dheth. 11. strike *off*, separate by a blow: sgud, 'gèarr dheth. 12. strike *out*, produce by collision: buail a mach. 13. strike *out*, blot: dubh a mach. 14. make a blow: thoir buille.

Striker, *s.* Fear-bualaidh.

Striking, *adj.* Buailteach, a' bualadh.

Strikingly, *adv.* See Striking.

String, *s.* 1. A slender rope: sreang. 2. a riband: sreang, ribean. 3. on which any things are filed: sreang. 4. any set of things: sreang, car. 5. of a musical instrument: teud. 6. a small fibre: toinntean, snàithnean. 7. a nerve: fèith. 8. any series: sreang.

String, *v. a.* 1. Furnish with strings: sreangaich. 2. tune an instrument: gleus. 3. file on a string: sreangaich, cuir air sreang. 4. make tense: teannaich.

Stringed, *adj.* Sreangach, teudach.

Stringent, *adj.* Teann, daingean.

Stringy, *adj.* Sreangach, snàitheanach.

Strip, *v. a.* 1. Make naked: rùisg, lom, lomair. 2. deprive, divest: rùisg, lomair, spùinn. 3. rob, plunder: spùill, spùinn, creach. 4. peel: rùisg, sgrath, plaoisg. 5. deprive of all: creach.

Strip, *s.* Stiall, stìom.

Stripe, *v. a.* 1. Variegate with lines: stiall. 2. beat, lash: sgiùrs, gréidh le slait.

Stripe, *s.* 1. A lineary variation of colour: stiall, sgrìoch. 2. a blow: buille, sgiùrsadh.

Striped, *adj.* Stiallach.

Stripling, *s.* Giùllan, balachan, sgolbanach, òganach, daltan.

Strive, *v. n.* Gleachd, dean spàirn, dean strì.

Striving, *s.* Gleachd, spàirn, comh-strì.

Stroke, *s.* 1. A blow: buille, gleadhar, faghar. 2. a sudden disease or affliction: buille. 3. of a pencil: beantainn, buintinn. 5. a masterly effort: ionnsuidh, sgairteil. 5. power, efficacy: cumhachd, comas.

Stroke, *v. a.* Slìob, suath, cniadaich, ciùinich.

Stroking, *s.* Slìobadh, suathadh, mìneachadh.

Stroll, *v. n.* Seabhaid.

Stroll, *s.* Seabhaid.

Stroller, *s.* Fear seabhaideach, fògarach, fuagarach.

Strong, *adj.* 1. Vigorous, forceful: làidir, gramail, neartmhor, comasach, lùthmhor. 2. fortified: làidir, daingean. 3. powerful: comasach, cumhachdach, treun. 4. forcible: làidir, garg, borb. 5. healthy: slàn, fallain. 6. positive, eager: dian, dearrasach. 7. hard of digestion: làidir. 8. furnished with abilities: comasach, murrach. 9. cogent, conclusive: làidir, comh-dhùnach. 10. firm, compact: daingean, teann.

Stronghand, *s.* Ainneart, làmh-laidir, éigin.

Strongly, *adv.* See Strong.

Strongset, *adj.* Daingean, teann.

Strow, *v. a.* 1. Spread by being scattered: sgap, sgaoil. 2. besprinkle: crath. 3. throw at random: sgaoil, sgap.

Structure, *s.* 1. Act of building: togail. 2. manner of building: togail, cumadh, dòigh, togail. 3. edifice: togail.

Struggle, *v. n.* 1. Act with effort: saothraich, dean strì. 2. strive, contend: gleachd, dean spàirn, dean strì, streap. 3. labour in difficulties: streap, gleachd, dean strì, saothraich.

Struggle, *s.* 1. Labour, effort: saothair, cruaidh oidhirp, cruaidh dheuchainn. 2. contest, contention: gleachd, strì, comh-strì, spàirn. 3. agony: spàirn, teinn.

Struggling, *s.* Gleachd, spàirn, strì.

Strumpet, *s.* Strìopach, siùrsach, stràbaid.

Strumpet, *adj.* Strìopachail.

Strut, *v. n.* 1. Walk with affected dignity: spailp. 2. swell, protuberate: at, bòc.

Strut, *s.* Spailpeadh, ceum stràiceil, imeachd stàideal.

Strutter, *s.* Spailpean.

Stub, *s.* Bun, òrd, durc, stoban, stob.

Stub, *v. a.* Thoir á bun, spion, thoir á fhreumhan.
Stubbed, *adj.* Bunach, geinneach, cutach, neo-fhìnealta.
Stubble, *s.* Conlach, asbhuain, caoineach, stailcneach.
Stubborn, *adj.* 1. Obstinate: dearrasach, rag, rag-mhuinealach, ceann-laidir. 2. persisting, steady: seasmhach, bunailteach. 3. not pliable: teann, dùr, do-lùbaidh. 4. hard, firm: teann, daingean. 5. harsh: garg, searbh.
Stubbornly, *adv.* See Stubborn.
Stubbornness, *s.* Dearras, rag-mhuinealachd, reasgachd.
Stubby, *adj.* Bunanta, geinneach, stobanach.
Stuckles, *s.* Adag, stùcan.
Stud, *s.* 1. A post, a stake: post, colbh, cipean. 2. a nail with a large head: tarranng-chinn-òir. 3. of horses and mares: greigh, buaile chapull is stallan.
Stud, *v. a.* Rìomhaich le tàirngean-chinn-òir.
Student, *s.* Sgoilear, foghlumach.
Studied, *adj.* Ionnsuichte, foghluimte.
Studious, *adj.* 1. Given to books: stuidearra, smaointeachail, déigheil air ionnsachadh. 2. diligent, busy: dìchiollach. 3. attentive: aireil, cùramach, faicilleach. 4. contemplative: smaoineachail, stuidearra.
Studiously, *adv.* See Studious.
Studiousness, *s.* Stuidearrachd.
Study, *s.* 1. Application of mind to learning: smuaineachadh, cnuasachd, breithneachadh, ionnsachadh, foghlum. 2. deep cogitation: meòrachadh, cnuasachd. 3. meditation: aire, beachdsmaoineachadh, cnuasachd. 4. any particular kind of learning: ionnsachadh, foghlum. 5. subject of attention: cùis-smuaineachaidh. 6. an apartment: seòmar foghluim.
Study, *v. a.* et *n.* 1. Apply the mind to: thoir aire, beachdaich. 2. consider attentively: thoir fainear, beachd-smaoinich. 3. learn by application: ionnsuich. 4. think with very close application: cnuasaich, meòraich, beachd-smaoinich, breithnich. 5. endeavour diligently: feuch ri, oidhirpich.
Stuff, *s.* 1. Any matter or body: stuth, ni. 2. furniture: àirneis. 3. essence: brìgh, gnè, bunabhas, càil. 4. cloth or texture of any kiud: aodach, eudach. 5. texture of wool thinner than cloth: stuth.
Stuff, *v. a.* et *n.* 1. Fill very full: lìon, foir-lìon, lìon barrach. 2. thrust into: dinn, spàrr, teannaich. 3. swell out: lìon, bòc, bòrc, at. 4. obstruct the organs of scent or breathing: dùin. 5. feed gluttonously: ith seid, lìon do bhrù.
Stuffing, *s.* 1. By which any thing is filled: lìonadh, dinneadh, sparradh. 2. relishing ingredients: milsean am feòil.
Stumble, *v. a.* et *n.* 1. Make to trip: cliob, amail, grab. 2. make to boggle: cuir miothlachd air. 3. in walking: cliob, tuit, tuislich. 4. err: tuislich, rach mearachd. 5. strike against: tuit air.
Stumble, *s.* 1. A trip in walking: tuisleadh, cliobadh, sleamhnachadh. 2. a blunder: tuisleadh, mearachd, sgiorradh, tapag.
Stumbler, *s.* Fear-tuislidh.
Stumblingblock, Stumblingstone, } *s.* Ceap-tuislidh.
Stump, *s.* Bun, stoc, ceapan.
Stump, *v. a.* Meang, sgath, gèarr.
Stumpy, *adj.* Bunach, bunanta, geinneach.
Stun, *v. a.* 1. Confound or dizzy: bodhair. 2. with a blow: cuir tuaineal air, thoir buille thuaineil do.
Stunt, *v. a.* Cum o fhàs.
Stupefaction, *s.* Tromsanaich, cion mothachaidh, breisleach, tuaineul, òinideachd.
Stupendous, *adj.* Mòr, anabarrach, fuathasach, uamhasach, iongantach.
Stupendously, *adv.* See Stupendous.
Stupid, *adj.* 1. Dull, wanting sensibility: òinideach, pleòisgeach, tromsanach. 2. performed without skill: neo-cheart.
Stupidity, *s.* Pleòisgealachd, òinideachd, amaideachd, neo-mhothachadh, amhlaireachd, gloichdealachd.
Stupidly, *adv.* See Stupid.
Stupify, *v. a.* Dèan pleòisgeach, dean òinideach, cuir am breislich.
Sturdily, *adv.* See Sturdy.
Sturdiness, *s.* 1. Stoutness, hardness: neart, spionnadh, làidireachd, calmachd greimealas. 2. brutal strength: eachalachd.
Sturdy, *adj.* Làidir, calma, eachail, garbh, dearrasach.
Sturgeon, *s.* Circan.
Sturk, *s.* Gamhainn.
Stut, Stutter, } *v. n.* Bi teabadach, bi manntach, bi gagach.
Stutter, Stutterer. } *s.* Blasbaran, fear manntach, manntair, fear gagach, fear liodach.
Sty, *s.* 1. To keep hogs in: fail, crò. 2. any place of bestial debauchery: fail. 3. a humour in the eyelid: leamhragan.
Sty, *v. a.* Cuir am fail, dùin am fail.
Style, *s.* 1. Of writing: seòl sgrìobhaidh. 2. of speaking: seòl, modh, no, dòigh-labhairt. 3. title, appellation: tiodal, ainm. 4. a pointed iron: peann iaruinn. 5. of a dial: faileasaiche.
Style, *v. a.* Ainmich, gairm, thoir tiodal do.
Suasible, *adj.* So-chomhairleachadh, socharach.
Suavity, *s.* 1. To the senses: milseachd, taitneachd. 2. to the mind: caoineachas, taitneachd, suairceas, macantas.
Subaltern, *s.* Oifigeach fuidh cheannard ceud.
Subdivide, *v. a.* Ath-roinn.
Subdivision, *s.* Min-roinn, roinnn an roinn, errann an earrann.
Subdue, *v. a.* 1. Crush, oppress: cìosnaich, claoidh, sàruich. 2. conquer: ceannsaich, iom-ghabh, thoir fuidh smachd, ciomaich. 3. tame, subact: callaich, thoir gu strìochdadh, ceannsaich.
Subduer, *s.* Buadhaiche, buadhair, fear-ceannsachaidh.

Subject, *v. a.* 1. Put under: cuir an ìochdar, cuir fodha. 2. reduce to submission: ceannsaich, thoir fuidh smachd. 3. enslave: sàruich, cìosnaich, dean 'n a thràill. 4. expose, make liable: cuir gu, dean buailteach do.

Subject, *adj.* 1. Placed or situated under: ìochdrach. 2. under the dominion of another: ùmhal, fuidh chìs. 3. exposed, liable: buailteach.

Subject, *s.* 1. One under the dominion of another: ìochdaran. 2. on which any operation is performed: cùis, ni. 3. of discourse: ceann teagaisg.

Subjoin, *v. a.* Cuir ri, aon ri.

Suujugate, *v. a.* Ceannsaich, smachdaich, iomghabh, thoir gu géill.

Subjugation, *s.* Ceannsachadh, smachdachadh, toirt gu géill.

Sublevation, *s.* Togail suas, togail an àirde, àrdachadh.

Sublime, *adj.* 1. Exalted aloft: àrdaichte, togta, àrd. 2. high in excellence: òirdheirc, àrd, urramach. 3. high in style or sentiment: àrd. 4. elevated by joy: aoibhneach, mòr-aoibhneach, subhach. 5. lofty of mien: aigeannach, meanmnach.

Sublime, *s.* Àrd-labhairt.

Sublime, *v. a.* Àrdaich, leasaich, dean ni 's feàrr.

Sublimely, *adv.* See Sublime, *adj.*

Sublimity, *s.* 1. Of place: àirde, àrdachadh. 2. of nature, excellence: òirdheirceas, mòralachd. 3. of sentiment: àirde.

Sublunar, Sublunary, *adj.* Talmhaidh, saoghalta.

Submarine, *adj.* Fuidh mhuir.

Submersion, *s.* 1. State of drowning, state of being drowned: bàthadh, dol fodha. 2. state of lying under water: luidhe fo uisge.

Submission, *s.* Delivery of himself to the power of another: géilleadh, strìochdadh. 2. acknowledgment of inferiority: ùmhlachd, strìochdadh. 3. of a fault: aideachadh cionta. 4. resignation, obedience: géill, strìochdadh, ùmhlachd.

Submissive, *adj.* Ùmhal, strìochdta, a' toirt géill.

Submissively, *adv.* See Submissive.

Submissiveness, *s.* Ùmhlachd, strìochdadh, géilleadh.

Submit, *v. a.* et *n.* 1. Let down, sink: leig sìos, lùb, ìslich. 2. subject, resign without resistance to authority: géill, ùmhlaich, strìochd, irioslaich. 3. refer to judgment: leig gu. 4. be subject, yield: géill, strìochd, bi ùmhal, bi fuidh smachd.

Subordinance, Subordinancy, *s.* Ìochdranachd.

Subordinate, *adj.* 1. Inferior in order: ìochdrach. 2. descending in a regular series: fuidh, a' tèarnadh.

Subordinate, *v. a.* Cuir sìos an òrdugh cheuman.

Subordinately, *adv.* See Subordinate, *adj.*

Subordination, *s.* 1. The state of being inferior: ìochdranachd. 2. series: òrdugh fuidh aon a chéile. 3. place of rank: ionad, àit.

Suborn, *v. a.* Brìob, ceannaich, faigh le foill.

Suborner, *s.* Fear-foille, fear-ceannaich fir droch-bheirt.

Subpoena, *s.* Rabhadh, sanas laghail.

Subscribe, *v. a.* et *n.* Fath-sgrìobh, cuir ainm ri.

Subscriber, *s.* Fear-fath-sgrìobhaidh, fear-cuir ainm ri.

Subscription, *s.* 1. Any thing underwritten: fath-sgrìobhadh. 2. consent or attestation: fath-sgrìobhadh, cuir ainm ri. 3. the act or state of contributing: cuideachadh, gealladh cuideachaidh.

Subsequent, *adj.* A' leanntuinn, a' leanailt.

Subsequently, *adv.* See Subsequent.

Subserve, *v. a.* Seirbhisich fodha, fritheil, cuidich.

Subservience, Subserviency, *s.* Seirbhis, frithealadh, cuideachadh.

Subservient, *adj.* Fritheilteach, feumail fodha, ìochdrach.

Subside, *v. n.* Sìolaidh, theirig fodha, traoigh, tuit sìos.

Subsidiary, *adj.* Cuideachail, a' comh-chuideachadh.

Subsidy, *s.* Cuideachadh, còmhnadh, coingheall, cobhar.

Subsign, *v. a.* Fath-sgrìobh, cuir ainm ri.

Subsist, *v. n.* 1. Be, have existence: bi, bi beò. 2. continue: mair, buanaich, fan, fuirich. 3. have means of living: thig beò, thig suas.

Subsistence, *s.* 1. Real being: bith. 2. competence, means of supporting life: teachd an tìr, teachd beò, lòn.

Subsistent, *adj.* Beò, maireann.

Substance, *s.* 1. Being: bith, corp, ni. 2. the essential part: brìgh. 3. something real: stuth. 4. body: corp, ni. 5. means of life: maoin, saoibhreas, beartas, cuid.

Substantial, *adj.* 1. Real: beò. 2. true, solid: fìor, fìrinneach, brìgheil, brìoghmhor. 3. corporeal: corporra. 4. stout, strong: làidir, calma, tàbhachdach. 5. moderately wealthy: soaibhir, cothromach, taiceil.

Substantials, *s.* Cùisean tàbhachdach.

Substantiality, *s.* Corporrachd.

Substantially, *adv.* See Substantial.

Substantialness, *s.* Brìoghmhorachd, tàbhachd, greimealas.

Substantiate, *v. a.* Dearbh.

Stbstantive, *s.* Ainm.

Substitute, *v. a.* Cuir an àite, cuir an ionad neach éile.

Substitute, *s.* 1. One placed to act with delegated power: fear-ionaid. 3. a thing serving instead of another: ni an àite ni éile.

Substitution, *s.* Cur an àite, cur an riochd, cur mar fhear-ionaid.

Subtend, *v. a.* Sìn mu choinneamh.

Subtense, *s.* Còrd bogha.

Subter, *prep.* Fuidh.

Subterfuge, *s.* Cur seachad, car, cleas, leisgeul.

Subterraneous, *adj.* Fuidh thalamh.

Subtile, *adj.* 1. Thin: tana, caol. 2. nice, fine, delicate: grinn, caol, mìn, caoin, fìnealta. 3.

piercing, acute: geur, biorach. 4. cunning, artful: seòlta, carach, cuilbheartach, foilleil.
SUBTILELY, *adv.* See Subtile.
SUBTILIATE, *v. a.* Tanaich, dean tana.
SUBTILIATION, *s.* Tanachadh.
SUBTILTY, *s.* 1. Thinness, fineness: tainead, caoilead, fìnealtachd, grinneas. 2. refinement, too much acuteness: géire, tul-chuis. 3. cunning artifice: seòltachd, carachd, cuilbheartachd.
SUBTLE, *adj.* Seòlta, carach, innleachdach, geur-innleachdach, cuilbheartach.
SUBTLY, *adv.* See Subtle.
SUBTRACT, *v. a.* Thoir o, lughdaich.
SUBTRACTION, *s.* Toirt o, lughdachadh.
SUBTRAHEND, *s.* Àireamh an lughdachaidh.
SUBVERSE, *v. a.* Tilg bun os ceann, dìth-làraich, sgrios.
SUBVERSION, *s.* Tilgeadh bun os ceann, sgrios, milleadh.
SUBVERSIVE, *adj.* Millteach, sgriosail, a' tilgeadh bun os ceann.
SUBVERT, *v. a.* 1. Overthrow, overturn: tilg bun os ceann, tilg sìos, mill, sgrios. 2. corrupt: truaill, tilg bun os ceann.
SUBVERTER, *s.* Milltear, dìth-mhilltear.
SUBURB, *s.* Fobhaile, frith-bhaile, bruach-bhaile.
SUCCEED, *v. a.* et *n.* 1. Follow: lean. 2. prosper: soirbhich. 3. follow in order: thigh an déigh. thigh an òrdugh. 4. come into the place of another: thig an àite. 5. terminate according to wish: soirbhich, cinnich. 6. go under cover: rach am fasgadh.
SUCCESS, *s.* Soirbheas, soirbheachadh, buaidh, sealbh.
SUCCESSFUL, *adj.* Sealbhach, soirbheasach, fortanach, àghmhor.
SUCCESSFULLY, *adv.* See Successful.
SUCCESSFULNESS, *s.* Soirbhe, soirbheas, àghmhorachd, sealbh.
SUCCESSION, *s.* 1. Series: fal-chiémneachadh, leanailt. 2. a lineage: sloinneadh, lorg-slighe. 3. the power or right of coming to an inheritance: còir sheilbh.
SUCCESSIVE, *adj.* Leanailteach, a' teachd an déigh a chéile.
SUCCESSIVELY, *adv.* See Successive.
SUCCESSIVENESS, *s.* Leanailteachd.
SUCCESSLESS, *adj.* Mi-shealbhach, mi-fhortanach.
SUCCESSOR, *s.* Comh-arba, fear-leanmhuinn, fear a leanas.
SUCCINCT, *adj.* Geàrr, goirid, cutach, cuimir, criosach.
SUCCINCTLY, *adv.* See Succinct.
SUCCINCTNESS, *s.* Giorrad.
SUCCORY, *s.* Cart-earbhain, lus an t-siùcair.
SUCCOUR, *v. a.* Cuidich, cobhair, còmhnaich, furtaich.
SUCCOUR, *s.* Cuideachadh, cobhar, còmhnadh, furtachd.
SUCCOURER, *s.* Fear-còmhnaidh, fear-cuideachaidh.
SUCCULENCE, } *s.* Brìoghmhorachd, sùghmhorachd.
SUCCULENCY, }
SUCCULENT, *adj.* Brìoghmhor, sùghmhor, sultmhor.

SUCH, *adj.* 1. Of that kind: a leithid, ionann, a shamhuil. 2. the same that: a leithid, a shamhuil.
SUCK, *v. a.* et *n.* Sùgh, deoghail, srùb, sùg, drùidh.
SUCK, *s.* 1. The act of sucking: deoghal, sùghadh, srùbadh. 2. milk given by females: bainne chìoch.
SUCKER, *s.* 1. Any thing that draws: inneal-tarruing, srùbair, uidheam sùghaidh, uidheam deoghail. 2. a young twig: fiùran, faillean, bailleag.
SUCKET, *s.* Milsean.
SUCKLE, *v. a.* Thoir cìoch, thoir bainne cìche, banaltrumaich, àraich, tog, macail.
SUCKLING, *s.* Cìocharan, naoidhean, maotharan.
SUCTION, *s.* Deoghal, sùghadh, sùgadh.
SUDDEN, *adj.* Obann, cabhagach, grad, cas.
SUDDENLY, *adv.* See Sudden.
SUDDENNESS, *s.* Obainne, graide.
SUDS, *s.* Cobhar sialuinn.
SUE, *v. a.* et *n.* 1. Prosecute by law: agair, tagair, thoir gu lagh. 2. follow, ensue: lean. 3. beg, entreat: asluich, sir, iarr, guidh.
SUET, *s.* Geir, blonag, saill.
SUETY, *adj.* Reamhar, sultmhor, blonagach.
SUFFER, *v. a.* et *n.* 1. Bear, undergo: fuiling, giùlain. 2. allow, permit: ceadaich, leig le. 3. undergo pain or punishment: fuiling.
SUFFERABLE, *adj.* So-ghiùlan, so-fhulang, so-iomchar.
SUFFERABLY, *adv.* See Sufferable.
SUFFERANCE, *s.* 1. Pain, inconvenience: fulang, fulangas, cràdh, doghruinn. 2. patience, moderation: foighidinn, giùlan. 3. toleration: ceadachadh, cead, comas.
SUFFERER, *s.* 1. One who endures pain: fear-fulaing, fulangaiche. 2. one who allows: fear-ceadachaidh.
SUFFERING, *s.* Fulang, fulangas.
SUFFICE, *v. a.* et *n.* 1. Afford, supply: sàsuich, riaraich. 2. satisfy: toilich, dean toilichte. 3. be enough, be sufficient: foghainn.
SUFFICIENCY, *s.* 1. State of being adequate to the end proposed: foghnadh, leòir, seiseachd. 2. qualification for any purpose: coimhliontachd, iomlanachd, iomchuidheachd. 3. competence, enough: foghnadh, leòir, pailteas, sàsuchadh.
SUFFICIENT, *adj.* Foghainteach, iomchuidh, cubhaidh, murrach, comasach, ni 's leòr.
SUFFICIENTLY, *adv.* See Sufficient.
SUFFOCATE, *v. a.* Tachd, mùch.
SUFFOCATE, *adj.* Tachdta, mùchta.
SUFFOCATION, *s.* Tachdadh, mùchadh.
SUFFOCATIVE, *adj.* Tachdach, mùchach.
SUFFRAGAN, *s.* Easbuig cuideachaidh.
SUFFRAGANT, *s.* Comh-oibriche, comh-chuidiche.
SUFFRAGE, *s.* 1. Vote: cuideachadh, guth taghaidh. 2. united voice in public prayer: ùrnuigh coimhthionail. 3. aid, assistance: cobhar, cuideachadh, còmhnadh.
SUFFUSE, *v. a.* Còmhdaich, sgaoil air.
SUFFUSION, *s.* Còmhdach, sgaoileadh thairis.
SUGAR, *s.* Siùcar.

Sugar, *v. a.* 1. Season with sugar: milsich le siùcar, lìon le siùcar. 2. sweeten: milsich.

Suggest, *v. a.* 1. Hint, intimate: thoir sanas, thoir fios, thoir rabhadh, cuir an aire. 2. inform secretly: cogair.

Suggestion, *s.* Sanas, rabhadh, smèideadh, cagar, fios dìomhair.

Suicide, *s.* 1. Self-murder: féin-mharbhadh, féin-mhortadh. 2. a self-murderer: féin-mharbhaiche.

Suit, *s.* 1. A set: buill iomlan. 2. clothes: deis. 3. regular order: òrdugh riaghailteach. 4. retinue, company: comh-chuideachd, luchd-comhaideachd. 5. a petition: iarrtas, athchuinge. 6. courtship: suiridh. 7. a cause in law: cùis.

Suit, *v. a.* et *n.* 1. Fit, adapt to: freagair, comh-fhreagair, dean freagarrach, dean iomchuidh. 2. be fitted: freagair, comh-chòrd. 3. dress: sgeadaich, uidheamaich, deasaich. 4. agree, accord: comh-chòrd, bi freagarrach.

Suitable, *adj.* Freagarrach, comh-fhreagarrach, comh-chòrdach, iomchuidh.

Suitableness, *s.* Freagarrachd, comh-fhreagarrachd, iomchuidheachd.

Suitably, *adv.* See Suitable.

Suiter, Suitor, *s.* 1. A petitioner: iarrataich, iarradair, fear-asluchaidh. 2. a wooer: suiridheach.

Suitress, *s.* Ban-iarradair.

Sulkily, *adv.* See Sulky.

Sulkiness, *s.* Gruamachd, mùig, iargaltachd, iargaltas.

Sulky, *adj.* Gruamach, amhaidh, goilleach, mùgach, iargalta, gnogach, coimheach, duairceach, neo-aoidheil.

Sullen, *adj.* 1. Gloomily angry: gruamach, amhaidh, goilleach, doirionta, feargach, doirbh, gnù. 2. mischievous, malignant: doirbh, gamhlasach, mìo-ṙunach. 3. intractable: dearrasach, dùr, reasgach, danarra. 4. gloomy: dorch, doilleir, neulach, gruamach. 5. dull, sorrowful: muladach, airsnealach, cianail.

Sullenly, *adv.* See Sullen.

Sullenness, *s.* Gruamachd, iargaltas, coimheachas.

TRILL, *v. a.* et *n.* 1. Utter quavering: trì-bhuail. 2. trickle: sil, braon, snith.
TRIM, *adj.* Sgiobalta, guamach, cuimir, cuanta.
TRIM, *v. a.* et *n.* 1. Fit out: deasaich, uidheamaich. 2. dress, decorate: uidheamaich, breaghaich. 3. shave, clip: beàrr, lomair. 4 make neat, adjust: ceartaich, càirich, cuir air dòigh. 5. balance,

fluctuate between two parties: bi an ioma-chomhairle.

Trimly, *adv.* See Trim, *adj.*

Trimmer, *s.* 1. One who changes sides to balance parties: fear leam-leat. 2. a piece of wood inserted: geinn, spealg.

Trimming, *s.* Breaghachd, rìomhadh aodaich.

Trimness, *s.* Sgeilmealachd, sgiobaltachd, guamachd.

Trinal, *adj.* Trì-fillte, trì-fillteau.

Trinitarian, *s.* Trìonaideach.

Trinity, *s.* Trìonaid, trianaid.

Trinket, *s.* 1. Toys, ornaments of dress: rud laoghach, seud, àilleagan. 2. things of no great value: ni suarach, ni gun fhiù.

Trip, *v. a.* et *n.* 1. Supplant, throw by striking the feet from the ground: toll fodha, tilg thairis, cuir bacag, cuir cas bhacaig. 2. catch, detect: faigh a mach. 3. fall: tuislich, sleamhnaich, tuit. 4. fail, err: tuislich, rach mearachd. 5. take a short voyage: rach air turus beag.

Trip, *s.* 1. By which the wrestler supplants his antagonist: bacag, cas-bhacag. 2. a stumble: tuisleadh, leagadh, sleamhnachadh. 3. a mistake: mearachd, fàilinn, tuiteamas. 4. a short voyage or journey: cuairt bheag, turus beag, calt, calta.

Tripe, *s.* Mionach, maodal, greallach, abhsporag, puinnse.

Triphthong, *s.* Trì-fhoghair.

Triple, *adj.* Tri-fillte, tri-fillteau.

Triple, *v. a.* Cuir tri-fillteau, meudaich a thrì uiread.

Triplicate, *adj.* Tri-fillteach, tri-fillte.

Tripod, *s.* Suidheagan thrì-chosach.

Tripoly, *s.* Gaineamh sgaiteach.

Tripper, *s.* Fear-cuir bacaig.

Tripping, *adj.* Grad, ealamh, clis.

Tripping, *s.* Danns' eutrom, car clis.

Trippingly, *adv.* See Tripping, *adj.*

Trireme, *s.* Tri-ràmhach.

Trisyllabical, *adj.* Trì-shiolach.

Trisyllable, *s.* Trì-shioladh.

Trite, *adj.* Caithte, sean, coitchionn, sean-fhasanta.

Tritely, *adv.* See Trite.

Triteness, Seanachd, aosdachd.

Trivial, *adj.* 1. Vile, worthless: suarach, dìblidh, coitchionn. 2. light, trifling: faoin, suarach gun fhiù, neo-luachmhor.

Trivially, *adv.* See Trivial.

Trivialness, *s.* Suaraichead, suarachas, cumantas.

Triumph, *s.* 1. Pomp with which a victory is publicly celebrated: caithream, glòir-rèim, buaidhchaithream. 2. victory, conquest: buaidh. 3. joy for success: luathghair, gàirdeachas.

Triumph, *v. a.* et *n.* 1. Subdue: buadhaich, faigh buaidh, thoir buaidh a mach. 2. celebrate: dean buaidh-chaithream, dean luathghair, caithreimich. 3. obtain victory: faigh buaidh. 4. insult upon: cleachd buaidh gu tarcuiseach.

Triumphal, / Triumphant, } *adj.* Buadhach, caithreamach.

Triumphantly, *adv.* See Triumphant.

Triune, *s.* Tri-aon, trionaid, trianaid.

Troat, *v. a.* Bùir, raoic.

Trodden, *part.* Saltairte fo chosaibh.

Troll, *v. a.* et *n.* 1. Drive about: cuir mu 'n cuairt. 2. move volubly: cuir air falbh gu siùbhlach. 3. utter volubly: labhair luath. 4. draw on: tàlaidh, tarruing ort. 5. go round: theirig mu 'n cuairt. 6. roll, run round: ruith timchioll.

Trollop, *s.* Sgleòid, sgliùrach, trustar caile.

Troop, *s.* Buidheann, cuideachd, baidne, ceatharn.

Troop, *v. n.* 1. March in a body: siubhail am buidheann. 2. march in haste: triall le cabhag, ruith, greas.

Trooper, *s.* Saighdear marcachd.

Trope, *s.* Muthadh seadh focail.

Trophied, *adj.* Sgeadaichte le cuid cobhartaich.

Trophy, *s.* Suaicheanteas buadhach, craobh-chosgair.

Tropic, *s.* Ionad tionndaidh na grèine.

Tropical, *adj.* Mu mheadhon an t-saoghail.

Trot, *v. n.* Trot, dean trotan, dean sodradh.

Trot, *s.* Trot, trotan, sodradh, sodrach.

Troth, *s.* 1. Belief, faith: creideas. 2. truth: fìrinn, creideas, focal.

Trothless, *adj.* Neo-fhìor, breugach, meallta.

Trotter, *s.* 1. One that walks a jolting pace: trotair. 2. a sheep's foot: cas caorach.

Trouble, *v. a.* 1. Disturb, perplex: buair, trioblaidich, cuimrig, cuir dragh air. 2. afflict, grieve: lèir, pian, cràidh. 3. distress: ciùrr, cràidh, cuir fuidh iomaguin. 4. engage over much: cuir gu trioblaid, cuir gu mòr shaothair. 5. give occasion of labour to: trioblaidich. 6. disorder: cuir thar a chéile. 7. teaze: pian, lèir.

Trouble, *s.* 1. Disturbance, perplexity: buaireas, aimhreit, cangluinn, dragh, trioblaid. 2. calamity: àmhghar, trioblaid, doilgheas, lèireadh. 3. molestation: trioblaid, brionglaid, dragh, maille. 4. vexation: trioblaid, iomaguin, an-shocair, lèireadh.

Troubler, *s.* Fear-trioblaideachaidh, buaireadair.

Troublesome, *adj.* Trioblaideach, bleideil, draghail, aimlisgeach.

Troublesomely, *adv.* See Troublesome.

Troublesomeness, *s.* Trioblaideachd, stràcaireachd, draghalachd.

Trough, *s.* Amar, losaid, ballan.

Trounce, *v. a.* Peanasaich, pian.

Trout, *s.* Breac.

Trowel, *s.* Spàin-aoil.

Trowsers, *s.* Triubhas, leis-bhrat.

Truant, *s.* Leisgean, lunndair, sgoilear seabhaideach, coilltear.

Truant, *adj.* Leisg, lunndach, dìomhain, diomhanach.

Truantship, *s.* Dìomhanas, leisg, lunndaireachd, coilltearachd.

Truce, *s.* Fosadh, fois, anail, osadh.

Truck, *v. a.* et *n.* Malairtich, dean iomlaid.

Truck, *s.* Malairt, iomlaid.

Trucker, *s.* Malairteach.

Truckle, *v. n.* Cùb, crùb, stìog, bi fuidh smachd, lùb.

TRUCULENCE, } s. Gruamachd, ana-cneasdachd, an-
TRUCULENCY, } iochd, buirbe, fiadhaichead.
TRUCULENT, *adj.* 1. Savage, barbarous: garg, fiadhaich, ana-cneasda, an-iochdmhor, borb. 2. terrible of aspect: gruamach, duairceach. 3. destructive, cruel: millteach, fuilteach.
TRUDGE, *v. n.* Coisich gu sgìth, triall air éigin.
TRUE, *adj.* 1. Not false, not erroneous: fior, fìrinneach. 2. genuine: fior-ghlan, neo-thruaillidh. 3. faithful: dìleas, seasmhach. 4. honest: ceart, treibhdhireach. 5. exact: ceart, cothromach.
TRUEHEARTED, *adj.* Ionraic, dìleas, treibhdhireach.
TRUENESS, *s.* Dìlseachd, treibhdhireas, fìrinn.
TRUISM, *s.* Fìrinn dhearbhta.
TRULL, *s.* Siùrsach, strìopach, dubh-choitchionn.
TRULY, *adv.* See True.
TRUMP, *s.* 1. A trumpet: trombaid, tromb, buabhall. 2. a winning card: cairt bhuadhach.
TRUMP, *v. a.* et *n.* 1. Win with a trump card: coisinn le cairt bhuadhach. 2. impose upon: meall, thoir an car á. 3. obtrude, force: spàrr air. 4. trump *up:* cnuasaich, tionsgain. 5. blow a trumpet: séid trombaid, séid buabhall. 6. play a trump card: cluich cairt bhuadhach.
TRUMPERY, *s.* Faoineas, faoineachd, treallaich.
TRUMPET, *s.* 1. An instrument: trombaid, buabhall, buabhull. 2. a trumpeter: trombair, buabhullair. 3. one who praises: moltair, fear-moladh.
TRUMPET, *v. a.* Séid le trombaid, foillsich, aithris.
TRUMPETER, *s.* Trombair, buabhullair, dùdair.
TRUNCHEON, *s.* 1. A short staff, a cudgel: lorg, bata, cuaille. 2. a staff of command: bat' oifig.
TRUNCHEON, *v. a.* Slachd, bat.
TRUNDLE, *v. a.* et *n.* 1. Bowl, roll: rol, cuir car mu char. 2. roll, bowl along: theirig car mu char.
TRUNDLE, *s.* Roillean, roithlean.
TRUNK, *s.* 1. Of a tree: stoc, corp. 2. the body without the limbs: corp, com. 3. of an elephant, or other animal: sròn, gnos. 4. for clothes: cisteag, cobhan, drong.
TRUNKED, *adj.* Stocach, corpach.
TRUNNION, *s.* Dealgan taoibh gunna mhòir.
TRUSION, *s.* Pùcadh, ruiseadh.
TRUSS, *s.* 1. A bandage for the rupture: crios bronn. 2. a bundle: trusan, trusadh, ceanglachan.
TRUSS, *v. a.* Trus, cruinnich, ceangail suas.
TRUST, *s.* 1. Confidence, reliance: earbsa, earbsadh, muinghinn. 2. charge received: earbsa, cùram. 3. confident opinion: dòchas, earbsa. 4. credit given: creideas. 5. credit on promise of payment: creideas.
TRUST, *v. a.* et *n.* 1. Confide in: earb ri, earb á, cuir dòchas ann, cuir muinghinn ann. 2. believe, credit: creid. 3. commit with confidence: cuir fuidh chùram, earb ri. 4. sell upon credit: reic air dàil, thoir creideas do. 5. be confident of something future: bi muinghinneach, bi earbsach. 6. be credulous: creid, thoir creideas do. 7. expect: bi 'n dùil.
TRUSTEE, *s.* Fear-earbsaidh, fear-cùraim.
TRUSTER, *s.* Fear-creidsinn, fear-toirt creideis.
TRUSTILY, *adv.* See Trusty.
TRUSTINESS, *s.* Creideas, treibhdhireas, ionracas, dìlseachd.
TRUSTLESS, *adj.* Neo-dhìleas, mi-dhìleas, neo-onorach.
TRUSTY, *adj.* 1. Honest, faithful: onorach, dìleas, fìrinneach, diongmhalta, seasmhach. 2. strong, stout: làidir, daingean, nach géill.
TRUTH, *s.* 1. The contrary to falsehood: fìrinn. 2. fidelity, constancy: dìlseachd, seasmhachd. 3. honesty, virtue: treibhdhireas, ionracas. 4. of a *truth:* gu dearbh, gu deimhinn.
TRUTHLESS, *adj.* Breugach, neo-fhìor.
TRY, *v. a.* et *n.* 1. Examine, make experiment of: feuch, cuir deuchainn air, dearbh. 2. experience, assay: fairich, fiosrach. 3. examine as a judge: rannsuich, ceasnaich. 4. purify, refine: glan, ath-ghlan. 5. endeavour, attempt: oidhirpich, feuch ri.
TUB, *s.* Tuba, measair, cursan, ballan, cùdainn.
TUBE, *s.* Pìob, feadan.
TUBERCULE, *s.* Plucan, guirean.
TUBEROUS, *adj.* Plucanach, cnapach, faobach.
TUCK, *s.* 1. A long narrow sword: claidheamh fada caol. 2. a kind of net: lìon cumhang, 3. a kind of fold: filleadh.
TUCK, *v. a.* Trus, sgioblaich, cruinnich, gualaich, teannaich.
TUCKER, *s.* Éideadh uchd.
TUESDAY, *s.* Di-màirt.
TUFT, *s.* 1. A number of any small bodies joined together: bab, babag, dos, bad, babaid. 2. a cluster, a lump: bad, badan, dòrlach.
TUFTED, } *adj.* Dosach, badanach, tomanach, tolm-
TUFTY, } anach.
TUG, *v. a.* et *n.* 1. Pull, draw: slaod, tarruing, dragh. 2. pull, pluck: spiol, spìon. 3. labour, contend: saothraich, gleachd, dean strì.
TUG, *s.* Tarruing, slaodadh, spìonadh, draghadh.
TUGGER, *s.* Fear-slaodaidh, fear-spìonaidh.
TUITION, *s.* Munadh, teagasg, oilean, togail suas, ionnsachadh.
TUMBLE, *v. a.* et *n.* 1. Turn over: tilg sìos, tionndaidh, cur car dheth, leag sìos. 2. fall: tuit, tuislich. 3. fall in great quantities tumultuously: tuit air muin a chéile. 4. roll about: cuir car dhiot.
TUMBLE, *s.* Tuiteam, tuisleadh, leagadh.
TUMBLER, *s.* 1. One who shews postures by various contortions of body: teud-chleasaiche, lùth-chleasaiche, caraiche. 2. a large drinking glass: gloine dheoch.
TUMBREL, *s.* Cairt innearach.
TUMID, } *adj.* 1. Swelling, puffed up: bòchd-
TUMOROUS, } ail, uaibhreach, atmhor. 2. protuberant: air at, air bòcadh. 3. pompous, boastful: spaideil, spairiseach, bochail, spagluinneach.
TUMOUR, *s.* 1. A morbid swelling: at, iongrachadh, màm. 2. a swell or rise of water: éiridh, at. 3. affected pomp: spagluinn, bochalachd.
TUMP, *s.* Meall, tom, cnoc.

Tumult, *s.* 1. In a multitude: buaireas, bruaill-ean, troimh chéile, tunsaid. 2. an irregular violence: iorghuill, sabaid, aimhreit.
Tumultuary, *adj.* Mi-riaghailteach, buaireasach, aimhreiteach.
Tumultuous, *adj.* Buaireasach, aimhreiteach, mi-riaghailteach, iorghuilleach, caonasgach.
Tumultuously, *adv.* See Tumultuous.
Tun, *s.* Tunna.
Tunable, *adj.* Ceòlmhor, fonnmhor, comh-cheòlach, binn.
Tunableness, *s.* Fonnmhorachd, binnead.
Tunably, *adv.* See Tunable.
Tune, *s.* 1. Notes put together: port, fonn. 2. sound, note: fonn, ceòl, séisd. 3. harmony: comh-sheirm, comh-cheòl. 4. state of giving due sounds: fonn, gleus. 5. fit temper: fonn, sunnd.
Tune, *v. a.* et *n.* 1. To produce proper sounds: gleus, cuir am fonn. 2. sing harmoniously: seinn. 3. put into order: gleus. 4. form one sound to another: dean comh-cheòl.
Tuneful, *adj.* Binn, ceileireach, ceòlmhor, leadarra, fonnmhor.
Tuneless, *adj.* Gun fhonn, neo-fhonnmhor, neo-cheòlmhor, ràsanach.
Tuner, *s.* Fear-gleusaidh.
Tunic, *s.* Cota Ròmanach.
Tuning, *s.* Gleusadh, cur am fonn.
Tunnage, *s.* 1. Of a vessel: tomhas a réir tunna. 2. tax laid by a tun: cìs tunna.
Tunnel, *s.* 1. Of the chimney: luidhear, luidheir, pìob dheataich. 2. by which liquor is poured: tunnadair, lìonadair.
Tunnel, *v. a.* Dean mar luidhear, dean feadanach.
Tup, *s.* Reithe, rùta.
Tup, *v. a.* et *n.* 1. Cover as a ram: reith. 2. but, as a ram: mulc, put.
Turban, *s.* Currachd Thurcach.
Turbid, *adj.* Tiugh, salach, ruaimleach.
Turbidness, *s.* Tiughachd, salcharachd, ruaimleachd.
Turbot, *s.* Turbaid.
Turbulence, } *s.* Aimhreit, buaireas, mi-riaghailt,
Turbulency, } ùprait, cangluinneachd, mi-shìobhaltachd.
Turbulent, *adj.* Aimhreiteach, buaireasach, mi-riaghailteach, daobhaidh, riastranach.
Turbulently, *adv.* See Turbulent.
Turd, *s.* Cac, innear, aolach, salchar.
Turf, *s.* Fòid, fòd, sgrath, tota.
Turf, *v. a.* Fòid, còmhdaich le fòidean.
Turfy, *adj.* Fòideach, sgrathach.
Turgid, *adj.* 1. Swelling: atmhor, séidte, a' lìonadh suas. 2. pompous: atmhor, spagluinneach, stràiceil, bochail.
Turgidity, *s.* 1. State of being swollen: lìonadh suas, at. 2. pompousness: spagluinneachd, stràic, meud-mhòr.
Turkey, *s.* Coileach Francach, cearc Fhrancach.
Turmoil, *s.* Buaireas, ùprait, aimhreit.
Turn, *v. a.* et *n.* 1. Move round, revolve: tionndaidh cuir mu 'n cuairt. 2. put the upper side downwards: tionndaidh, cuir a cheann fuidhe. 3. with respect to position: tionndaidh, atharraich. 4. form on a lathe: tionndaidh. 5. shape: cum, dealbh. 6. change: mùth, caochail, atharraich. 7. make of another colour: mùth. 8. translate: tionndaidh, eadar-theangaich. 9. convert: iompaich. 10. with regard to temper: tionndaidh, pill, atharraich. 11. transfer: atharraich. 12. make giddy: cuir 'n a thuainealaich. 13. change direction: pill, tionndaidh. 14. in the mind: beachd-smuainich, cnuasaich. 15. blunt: maolaich. 16. reverse, repeal: thoir air ais, gairm air ais. 17. keep passing: malairtich. 18. turn *away*, dismiss: cuir air falbh, tionndaidh air falbh. 19. turn *away*, avert: cum air ais, cum air falbh. 20. turn *off*: tionndaidh air falbh. 21. have a circular motion: tionndaidh, rach mu 'n cuairt. 22. change posture: tionndaidh, atharraich. 23. move the face to another quarter: pill, tionndaidh. 24. alter: mùth, caochail. 25. become by a change; he turns *white*: tha e a' fàs geal.
Turn, *s.* 1. The act of turning: tionndadh, dol mu 'n cuairt. 2. meander, winding way: tionndadh, lùbadh, lùb, car. 3. a walk to and fro: cuairt, sràid. 4. alteration: mùthadh, seach, atharrachadh. 5. chance: tuiteamas, tubaist. 6. occasion: cothrom. 7. actions of kindness or malice: gnothach, cùis, seirbhis. 8. reigning inclination: aomadh, claonadh, lùbadh. 9. convenience: seirbhis, feum. 10. form, cast: car, samhladh, coltas, dreach. 11. new position: car. 12. *by* turns: an déigh a chéile.
Turncoat, *s.* Fear-tréigsinn companaich, fear leam leat, mealltair.
Turner, *s.* Tuairnear, cruinnire, crumanaiche, déileadair.
Turning, *s.* 1. Flexure, winding: tionndadh, lùb, car. 2. deviation from the way: tionndadh, seacharan.
Turnip, *s.* Nèap, nèip.
Turnpike, *s.* Cachaileith cìse.
Turnsick, *adj.* Tuainealach.
Turnstile, *s.* Cachaileith air frith-rathad.
Turpentine, *s.* Bìth giubhais.
Turpitude, *s.* Gràinealachd, truailleachd.
Turret, *s.* Turaid, tùr bheag, baideal, binnein.
Turreted, *adj.* Turaideach, binneagach.
Turtle, } *s.* Turtur, smùdan.
Turtledove, }
Tush, *interj.* Uist.
Tusk, *s.* Fiacaill, fiacail, tosg, starr-fhiacail, sgor-fhiacail.
Tusked, } *adj.* Sgor-fhiaclach, fiaclach, tosgach.
Tusky, }
Tut, *interj.* Tut.
Tutelage, *s.* Oideas, togail suas.
Tutelar, } *s.* Tèarmunnach.
Tutelary, }
Tutor, *s.* Oid'-ionnsachaidh, teagasgair, fear-foghluim, taoitear.
Tutor, *v. a.* Ionnsuich, teagaisg, muin, foghluim.

TUTORAGE, *s.* Smachd teagasgair, uachdaranachd fir-foghluim.
TUTORESS, } *s.* Ban-mhaighstir cloinnne, bean teag-
TUTRIX, } aisg.
TWAIN, *adj.* Dithis.
TWANG, *v. a.* et *n.* 1. Make to sound sharply: thoir fuaim smiorail air, abair le fuaim geur. 2. sound with a quick noise: dean fuaim geur.
TWANG, *s.* Fuaim geur, srann.
TWANK, *v. n.* Srann, dean fuaim.
TWATTLE, *v. n.* Dean goileam, dean cabaireachd, bi gobaireachd.
TWEAK, *v. a.* Pioc, gomagaich, bruth.
TWEAK, *s.* Imcheist, ioma-chomhairle.
TWEEDLE, *v. a.* Laimhsich, meuraich.
TWEEZERS, *s.* Greimiche, spioladair.
TWELFTH, *adj.* Dara-deug, dara thar deug.
TWELVE, *adj.* Dhà-dheug.
TWELVEMONTH, *s.* Bliadhna.
TWENTIETH, *adj.* Ficheadamh.
TWENTY, *adj.* Fichead.
TWICE, *adv.* Dà uair, gu dùbailte.
TWIG, *s.* Buinneag fiùran, faillean, bunsag, slatag, bailleag, maothran.
TWIGGY, *adj.* Slatagach, fiùranach, failleanach, bailleagach.
TWILIGHT, *s.* Eadar-sholus, camhanach, camhfhair, dubharach.
TWILIGHT, *adj.* Doilleir, dorch, dubharach.
TWILL, *v. a.* Figh.
TWIN, *s.* Leth-aon, leth-dhuine.
TWIN, *v. n.* 1. Be born at the same birth: bi air do bhreith maille ri neach eile. 2. bring two at once: beir dithis.
TWINE, *v. a.* et *n.* 1. Twist, or complicate so as to unite: toinn, figh, dual. 2. unite itself: aon. 3. convolve itself: gabh toinneamh, figh, toinn mu. 4. wind, make flexures: lùb, bi lùbach.
TWINE, *s.* 1. A twisted thread: sgéinnidh, snàth toinnte. 2. twist, convolution: lùb, toinneamh 'r a chéile.
TWINGE, *v. a.* Torment with sudden and short pains: guin, cràidh. 2. pinch: pioc, gomagaich.
TWINGE, *s.* 1. Short, sharp pain: goimh, guin, cràdh. 2. a pinch: gomag, bìdeag, piocadh.
TWINKLE, *v. n.* 1. Sparkle: srad, dealraich. 2. open and shut the eye by turns: priob, caog.
TWINKLE, } *s.* 1. A sparkling intermitting light:
TWINKLING, } srad, sradadh, boillsgeadh, dealradh. 2. of the eye: priobadh, caogadh. 3. a short space: tacan, grathun, tiota.
TWINLING, *s.* Leth-uan.
TWINNED, *adj.* Càraideach.
TWIRL, *v. a.* et *n.* 1. Move by a quick rotation: cuir mu 'n cuairt luath. 2. revolve with a quick motion: rach mu 'n cuairt luath, ruith mu 'n cuairt.
TWIRL, *s.* 1. Rotation, circular motion: dol mu 'n cuairt, cuartalan. 2. twist, convolution: toinneamh.
TWIST, *v. a.* et *n.* 1. Form by complication: toinn, sniomh, dualaich. 2. contort, writhe: toinn, sniomh. 3. form, weave: figh. 4. unite, insinuate: cuir an amladh a chéile. 5. be contorted: bi toinnte.
TWIST, *s.* 1. Any thing made by convolution: toinneamh, sniomh. 2. of a cord: toinntean, snàthain. 3. a string: sgéinnidh, còrd. 4. contortion, writhe: toinneamh, sniomh, lùbadh. 5. the manner of twisting: toinneamh, sniomh.
TWISTER, *s.* 1. One who twists: fear toinnimh, fear-sniomh. 2. the instrument of twisting: inneal toinnimh.
TWIT, *v. a.* Fochaidich, dean fanaid air, sgeig, mag.
TWITCH, *v. a.* Spìon, spiol, pioc, truis, biorg.
TWITCH, *s.* 1. A quick pull: spìonadh, spioladh, piocadh. 2. of the fibres: guin, goimh, biorgadh.
TWITTER, *v. n.* 1. Make a sharp tremulous noise: dean dearrasan. 2. be suddenly moved: togair, fairich togradh. 3. burst into a smile, or laugh: dean gàire, dean frith ghàire.
TWITTER, *s.* Sitrich, dearrasan.
TWIST, *prep.* See Betwixt.
TWO, *adj.* Dà, dhà, dithis.
TWO-EDGED, *adj.* Dà-fhaobharach, dà-fhaobhar.
TWOFOLD, *adj.* } Da-fhillte, dùbailt.
TWOFOLD, *adv.* }
TWO-HANDED, *adj.* 1. That employs both hands: dà-làmhach. 2. large, bulky: mòr, tomultach.
TYE, *s.* Ceangal, snadhim.
TYER, *s.* Fear-ceangail.
TYMPANY, *s.* Seid.
TYPE, *s.* 1. Emblem, mark of something: samhladh, comharradh. 2. a printing letter: forman.
TYPE, *v. a.* Samhlaich.
TYPICAL, *adj.* Samhlach, a' comharrachadh.
TYPICALLY, *adv.* See Typical.
TYPIFY, *v. a.* Samhlaich.
TYPOGRAPHIC, } *adj.* 1. Emblematical: samh-
TYPOGRAPHICAL, } lach. 2. belonging to the printer's art: a' chlò-bhualaidh.
TYPOGRAPHY, *s.* 1. Emblematical representation: samhladh, sgàil, dealbh. 2. the art of printing: clò-bhualadh.
TYRANNICAL, *adj.* Ain-tighearnail, an-iochdmhor, cruaidh, smachdail, ceannasach, ainneartach.
TYRANNICALLY, *adv.* See Tyrannical.
TYRANNIZE, *v. a.* et *n.* Cleachd ain-tighearnas, bi ain-tighearnail, bi cruaidh, an-bhruidich.
TYRANNY, *s.* Ain-tighearnas, an-iochd, cruaidhsmachd, an'-bhruid.
TYRANT, *s.* Ain-tighearn, fear-fòirneirt, fear-ainneirt, an'-bhruideach, ann-righ.
TYRO, *s.* Foghlumach, foghlumaiche, sgoilear.

Vacancy, *s.* 1. Empty space: failmhe, failmhead, àite falamh. 2. chasm: fàslach, còs, bèarn. 3. of a post, or employment: fosgladh, dreuchd bhàn. 4. time of leisure: fois, tàmh, clos, anail. 5. of thought: mi-chùram, neo-thoirt.

Vacant, *adj.* 1. Empty, void: falamh. 2. free: saor, gun dragh. 3. not filled by an incumbent, or possessor: falamh, fàs, bàn. 4. disengaged: saor, gun dragh. 5. thoughtless: faoin, dìomhain, neo-chùramach.

Vacate, *v. a.* 1. Annul: falmhaich, cuir air cùl. 2. make vacant: fàg, tréig, dean falamh. 3. defeat: crìochnaich, thoir gu ceann.

Vacation, *s.* 1. Recess of courts: anail, ùine shaor, tàmh. 2. leisure: fois, tàmh, clos.

Vaccary, *s.* Bàthaiche, bàthach, bà-thigh.

Vaccinate, *v. a.* Cuir breac a' chruidh.

Vaccination, *s.* Cur breac a' chruidh.

Vacillate, *v. n.* Bi 's an turaman, bi ǹull 's a ǹall.

Vacillation, *s.* Turaman, turamanachadh, siùdan, seògan, luasgan, iomlaideachd.

Vacuate, *v. a.* Falmhaich, falmhuich, dean falamh.

Vacuation, *s.* Falmhachadh, deanamh falamh.

Vacuity, *s.* 1. Emptiness: falmhachd. 2. space unfilled: ionad falamh, àite falamh. 3. inanity, want of reality: faoineas, falamhachd.

Vacuum, *s.* Ionad falamh, àite falamh, failmhe.

Vagabond, *adj.* Falbhanach, seabhaideach, siùbhlach, iomrallach, seachranach..

Vagabond, *s.* Fògarach, fear-fuadain, fear-seabhaid, fear iomrallach, falbhair.

Vagary, *s.* 1. A wandering: iomrall, seabhaid, seabhas. 2. a wild freak: faoin dhòchas, faoin bharail.

Vagrancy, *s.* Falbhanachd, seabhasachd, seabhaid.

Vagrant, *adj.* Iomrallach, seabhaideach, siùbhlach, falbhanach, seachranach.

Vagrant, *s.* Fear-fuadain, iarradair siùbhlach.

Vague, *adj.* Siubhlach, iomrallach, seabhaideach, falbhanach, neo-shuidhichte.

Vail, *v. a.* et *n.* 1. Let fall: leig sìos. 2. fall: tuìit, ìslich. 3. yield: strìochd, géill.

Vain, *adj.* 1. Ineffectual: faoin, dìomhain, neo-éifeachdach, neo-thàbhachdach. 2. empty: sgàileach, faileasach, falamh, fàs. 3. meanly proud: bòsdail, stràiceil. 4. ostentatious: basdalach, loiseamach, sgeilmeil. 5. idle, worthless: dìomhain, suarach, baoth, faoin. 6. false, not true: breugach, meallta. In *vain:* an dìomhain.

Vainglorious, *adj.* Spagluinneach, gloichdeach, uallach.

Vainglory, *s.* Glòir-dhìomhain, faoin-ghlòir, ràiteachas, spagluinn.

Vainly, *adv.* See Vain.

Vainness, *s.* See Vanity.

Vale, *s.* 1. See Valley. 2. money given to servants: airgiod dùraichd, dùrachd.

Valediction, *s.* Beannachd, cead, soraidh.

Valentine, *s.* 1. A sweetheart: leannan. 2. a letter on Valentine's day: litir-leannanachd.

Valerian, *s.* Lus-nan-tri-bilean. Wild valerian: caoirin-leanna.

Valet, *s.* Gille-coise, gille-frithealaidh.

Valetudinarian, **Valetudinary**, *adj.* Tinn, breòite, lag, euslainteach.

Valetudinarian, *s.* Neach euslainteach, duine tinn, duine breòite.

Valiant, *adj.* Treun, araiceil, gaisgeil, foghainteach, cròdha, fearail.

Valiantly, *adv.* See Valiant.

Valiantness, *s.* See Valour.

Valid, *adj.* 1. Strong, powerful: làidir, neartmhor, tàbhachdach, éifeachdach. 2. having intellectual force: cumhachdach, comasach, cudthromach, seasmhach.

Validity, *s.* Neart, cumhachd, tàbhachd, éifeachd.

Valley, *s.* Gleann, srath, lag, glachd.

Valorous, *adj.* Treun, gaisgeil, calma, curanta, gaisgeanta.

Valour, *s.* Treuntas, treubhantas, ceatharnachd, gaisge curantachd, cròdhachd.

Valuable, *adj.* 1. Precious: luachmhor, prìseil, daor. 2. deserving regard: measail, luachmhor, prìseil, fiach.

Valuation, *s.* Meas, luach, fiach.

Valuator, *s.* Fear-meas, measadair.

Value, *s.* Luach, prìs, fiach, toirt.

Value, *v. a.* 1. Rate at a certain price: luach, prìsich. 2. rate highly: cuir meas air, cuir luach air. 3. appraise: meas, luach. 4. be worth: bi luachmhor.

Valuer, *s.* Fear-meas.

Valve, *s.* 1. A folding door: còmhla-lùthaidh, duilleag doruis. 2. over the mouth of a vessel: brod, còmhdach. 3. (in anatomy): duilleag.

Van, *s.* 1. Of an army: toiseach, ceud sreath. 2. a fan: fuaragan. 3. with which the air is beaten: sgiath.

Vane, *s.* Coileach gaoith.

Vanguard, *s.* Toiseach feachd, ceud sreath, comhfhlath.

Vanish, *v. n.* Rach as an t-sealladh, falbh mar sgàile, sìolaidh air falbh, teich.

Vanity, *s.* 1. Uncertainty, inanity: dìomhanas, faoineas. 2. fruitless desire: dìomhanas, amaideachd. 3. falsehood, untruth: neo-fhìrinn, breug. 4. ostentation, arrogance: uaill, bòsd, spagluinn. 5. petty pride: bòsd, uaill.

Vanquish, *v. a.* Buadhaich, cìosnaich, ceannsaich, thoir gu géill.
Vanquisher, *s.* Buadhaiche, buadhaire.
Vantage, *s.* 1. Gain, profit: cosnadh, buannachd, tairbhe. 2. superiority: cothrom, a' chuid a 's fèarr. 3. opportunity, convenience: cothrom.
Vantage-ground, *s.* Cothrom-talmhainn.
Vapid, *adj.* Marbhanta, air dol aog, gun sùgh, gun bhlas, gun bhrìgh, domblasda.
Vapidness, *s.* Marbhantachd, domblasdachd.
Vaporation, *s.* See Evaporation.
Vaporish, *adj.* 1. Vaporous: ceòthach, ceòthmhor. 2. splenetic, peevish: frionasach, cas, frithearra.
Vaporous, } *adj.* 1. Full of vapours: ceòthach,
Vapory, } ceòmhor, smùideach. 2. windy, flatulent: gaothar.
Vapour, *s.* 1. Fume, steam: ceò, ceathach, deatach, deathach, smùid, grian-dheatach. 2. wind, flatulence: gaoth. 3. mental fume, vain imagination: smuairean, airtneal, leann-dubh.
Vapour, *v. a. n.* 1. Scatter in fumes or vapour: sgaoil an smùid, cuir 'n a cheò. 2. fly off in evaporations: smùid, éirich, 'n ad cheò. 3. bully, brag: maoidh, bùitich.
Variable, *adj.* Caochlaideach, mùiteach, neo-sheasmhach, neo-bhunailteach.
Variableness, *s.* Caochlaideachd, iomluaths, iomluathas, mùiteachd, neo-sheasmhachd.
Variably, *adv.* See Variable.
Variance, *s.* Eas-còrdadh, aimhreit, comh-fharpuis.
Variation, *s.* 1. Change, mutation: caochladh, atharrachadh, mùthadh. 2. of nouns: mùthadh: caochladh. 3. deviation: diubhar, dealachadh.
Variegate, *v. a.* Breac, ballaich, stiallaich, dean eug-samhuil.
Variegated, *adj.* Breac, ballach, ioma-dhathach.
Variegation, *s.* Breacadh.
Variety, *s.* 1. Change, succession: mùthadh, atharrachadh, caochladh. 2. difference: mùthadh, diubhar, eadar-dhealachadh. 3. deviation: mùthadh, caochladh. 4. many and different kinds: iomadh seòrsa, iomadh gnè.
Various, *adj.* 1. Different, several: iomadh, liutha, liuthad, iol-ghnèitheach. 2. changeable: mùiteach, caochlaideach. 3. unlike each other: eug-samhuil, iol-ghnèitheach. 4. variegated: breac, ballach, ioma-dhathach.
Variously, *adv.* See Various.
Varlet, *s.* 1. A servant: gille-coise, gille-fritheal-aidh. 2. a term of reproach: slaightear, crochair, loguid.
Varnish, *s.* 1. Laid upon bodies to make them shine: bhàirnis, dath dealrach. 2. palliation: leisgeul, brat-foluich.
Varnish, *v. a.* 1. Cover with something shining: còmhdaich le dath dèalrach. 2. palliate: thoir leisgeul, gabh leisgeul.
Varnisher, *s.* Fear dathaidh sgiamhach, leisgeulaiche.
Vary, *v. a.* et *n.* 1. Change: atharraich, mùth, caochail. 2. make of different kinds: dean iol-ghnèitheach, dean eug-samhuil. 3. diversify: breac, ballaich, dean eug-samhuil. 4. be changeable: mùth, atharraich, caochail. 5. be unlike each other: bi eug-samhuil. 6. deviate: rach a thaobh, claon. 7. disagree: troid, eas-còrd.
Vase, *s.* Soire, soitheach sgeilmeil.
Vassal, *s.* 1. One who holds of a superior lord: ìochdaran, tuathanach. 2. a dependant: ìochdaran. 3. a servant: seirbhiseach, tràill, òglach suarach, tàrlaid.
Vassalage, *s.* Seirbhis, tràillealachd, daorsa.
Vast, *adj.* 1. Large, great: mòr, fior mhòr. 2. viciously great: anabarrach, ana-cuimseach, fuathasach, uamhasach.
Vast, *s.* Fàsach, ionad fàsail.
Vastly, *adv.* See Vast, *adj.*
Vastness, *s.* Anabarrachd, ana-cuimse, aidhbheilеachd.
Vat, *s.* Dabhach.
Vault, *s.* 1. A continued arch: bogha, ceannstuaigh. 2. a cellar: seilear. 3. a cave: uamha, tuam. 4. a repository for the dead: uaigh, tuam.
Vault, *v. a.* et *n.* 1. Arch: cuir bogh' air, tog bogha. 2. leap, jump: leum, gèarr surdag.
Vaulted, *adj.* Crom, mar bhogha.
Vaulter, *s.* Leumadair.
Vaunt, *v. a.* et *n.* 1. Boast: dean uaill, dean bòsd, cuir uaill á. 2. play the braggart: bi spleadhach, dean spagluinn, cuir uaill á.
Vaunt, *s.* Uaill, bòsd, spagluinn.
Vaunter, *s.* Sgeilmear, fear spagluinneach.
Uberous, *adj.* Pailt, torrach, biadhchar.
Ubiquity, *s.* Uile-làthaireachd.
Udder, *s.* Ùth, ùgh, àrcan.
Uddered, *adj.* Ùthach.
Veal, *s.* Laoigh-fheoil, feòil laoigh.
Veer, *v. a.* et *n.* 1. Let out: leig a mach. 2. turn, change: tionndaidh, atharraich. 3. turn about: tionndaidh mu 'n cuairt, rach mu 'n cuairt.
Veering, *s.* Atharrachadh, tionndadh, cur mu 'n cuairt, dol mu 'n cuairt.
Vegetable, *s.* Luibheanach, luibheannachd, lus.
Vegetable, *adj.* Luibheach, lusach.
Vegetate, *v. n.* Fàs mar lus, cinnich, cinn.
Vegetation, *s.* Fàs luibhean, cinneachadh, cinneas.
Vegetative, *adj.* A' fàs mar luibh, a' cinneachadh.
Vegete, *adj.* Beothail, lùthmhor, smiorail.
Vehemence, } *s.* 1. Violence, force: gairgead,
Vehemency, } gairge, spionnadh. 2. ardour: déine, déinead, dealas, braiseachd.
Vehement, *adj.* 1. Violent, forcible: garg, làidir, neartmhor. 2. ardent, eager: dian, bras, dealasach, deothasach.
Vehemently, *adv.* See Vehement.
Vehicle, *s.* Uidheam giùlain, feun, carbad.
Veil, *s.* 1. To conceal the face: gnùis-bhrat, brat, brat-sgàilidh. 2. a disguise: còmhdach, bratcleith.
Veil, *v. a.* 1. Cover with a veil: còmhdaich le gnùis-bhrat. 2. cover: còmhdaich. 3. conceal: folaich, foluich, cleith.
Vein, *s.* 1. Through which the blood flows to the heart: cuisle, fèith. 2. hollow, cavity: còs. 3.

of metal in the mine: cuisle, slighe. 4. of the mind, or genius: togradh, toil, gnè. 5. humour, temper: nàdur, càil. 6. streak, variegation: stiall.
Veined, } adj. 1. Full of veins: fèitheach cuisleach. 2. streaked: stiallach, breac.
Veiny, }
Vellicate, v. a. Spìon, spìol.
Vellication, s. Spìonadh, spioladh.
Vellum, s. Craicionn mìn air son sgrìobhaidh.
Velocity, s. Luaths, luathas, luathailteachd, deann.
Velvet, s. Beilbheid, sìoda mìn mollach.
Venal, adj. 1. Mercenary: so-reicidh, reiceach, an geall air duais, sanntach. 2. contained in the veins: cuisleach, fèitheach.
Vend, v. a. Reic.
Vender, s. Fear-reic, reiceadair.
Vendible, adj. Reiceach, so-reic, margadail, margail.
Venemous, adj. Puinnsionach, nimheil.
Venerable, adj. Urramach, measail, airidh air urram, airbhinneach.
Venerableness, s. Urramachd, measalachd.
Venerably, adv. See Venerable.
Venerate, v. a. Urramaich, cuir meas air, thoir onoir do.
Veneration, s. Urramachadh, urram, meas, onoir, àrd-urram.
Venerator, s. Fear-urramachaidh.
Venereal, } adj. Druiseil, feòlmhor.
Venereous, }
Venery, s. 1. The sport of hunting: sealg, sealgaireachd. 2. the pleasure of the bed: connanachd, connan.
Venge, v. a. See Avenge.
Vengeance, s. Dìoghaltas, peanas, aicheamhal.
Vengeful, adj. Dìoghaltach, mì-runach.
Veniable, } adj. 1. Pardonable, excusable: leisgeulach, so-mhathaidh. 2. permitted: ceadaichte.
Venial, }
Venialness, s. Leisgeulachd.
Venison, s. Sithionn.
Venom, s. Puinnsion, puinnsean, nimh.
Venomous, adj. Puinnsionach, puinnsionta, nimheil.
Venomously, adv. See Venomous.
Venomousness, s. Nimhneachd.
Vent, s. 1. A small aperture: toll, tollan, toll-feadain, toll-àile, deatachan. 2. passage out of secrecy to public notice: leigeadh a mach, dol a mach, dol fo sgaoil. 3. the act of opening: fosgladh. 4. emission, passage: slighe, rathad. 5. sale: reic, margadh.
Vent, v. a. et n. 1. Let out at a small aperture: leig a mach, leig fo sgaoil. 2. utter, report: leig fo sgaoil, leig ruith le, cuir o 's àird. 3. emit, pour out: dòirt, taom a mach. 4. publish: foillsich, nochd. 5. sell: reic. 6. snuff: tarruing le d' shròn.
Ventilate, v. a. 1. Fan with wind: cuir ri gaoith, fasgain. 2. examine: rannsuich, fidrich.
Ventilation, s. 1. The act of fanning: fuarachadh, cur ris a' ghaoith. 2. refrigeration: fuarachadh, fionnarachadh. 3. examination: rannsuchadh, fidreachadh.
Ventilator, s. Fuaragan seòmair.
Ventricle, s. 1. The stomach: goile, brù. 2. any small cavity in an animal body: còs.
Ventriloquy, s. Brù-bhruidhinn, brù-chainnt.
Venture, s. 1. A hazard: cunnart, gàbhadh. 2. chance, hap: cunnart, tuairmse. 3. a stake: geall. 4. at a *venture*: air thuairmse.
Venture, v. a. et n. 1. Expose to hazard: cunnartaich, cuir an cunnart, cuir an gàbhadh. 2. put on a venture: cuir air thuairmse. 3. dare: gabh cuid cunnairt. 4. run a hazard: rach an cunnart, rach an gàbhadh. 5. venture *at*: oidhirpich, thoir ionnsuidh. 6, never venture, never won: mur feuch cha 'n fhaigh.
Venturer, s. Fear-gàbhaidh.
Venturing, s. Dol an cunnart, dol an gàbhadh.
Venturous, adj. Dàna, misneachail a' gabhail cunnairt, neo-sgàthach.
Venturously, adv. See Venturous.
Venturousness, s. Dànachd, misneach.
Venus, s. Reul na maidne.
Veracious, adj. Fìrinneach, fìor.
Veracity, s. Fìrinn, fìrinneachd.
Verb, s. Facal, focal, briathar.
Verbal, adj. 1. Spoken, not written: briathrach, beòil, focail, foclach, focalach. 2. consisting in mere words: foclach, briathrach. 3. minutely exact in words: puncail am foclaibh. 4. literal: litireil.
Verbally, adv. See Verbal.
Verbatim, adv. Focal air son focail.
Verberate, v. a. Buail, sgiùrs, gabh air.
Verbiage, s. Briathrachas.
Verbose, adj. Foclach, focalach, briathrach.
Verbosity, s. Briathrachas, gobaireachd.
Verdant, adj. Gorm, uaine.
Verdict, s. Breith, barail, binn.
Verdigrise, s. Meirg pràise.
Verdure, s. Uaine, feur uaine, glasradh.
Verge, s. 1. A rod, an emblem of authority: slatshuaicheantais. 2. brink, edge: oir, foir, iomall.
Verge, v. n. Aom, claon, teann ri.
Verifiable, adj. So-dhearbhaidh.
Verifier, s. Fear-dearbhaidh na fìrinn.
Verify, v. a. Dearbh, coimh-dhearbh, daingnich, còmhdaich, fìrinnich.
Verily, adv. Gu dearbh, gu deimhin, gu fìrinneach.
Veritable, adj. Fìor, cinnteach, fìrinneach.
Veritably, adv. See Veritable.
Verity, s. 1. Truth, consonance to the realty of things: fìrinn. 2. a true tenet: ràdh fìor, fìrinn dhearbhta.
Vermiculous, adj. Cnuimheach, durragach.
Vermilion, s. Càrnaid, corcur, basg-luath.
Vermilion, v. a. Dath dearg.
Vermin, s. Biastan cronail, meanbh chreutairean.
Verminous, adj. Biastagach, mialach.
Vernacular, adj. Màthaireil, dùthchasach, dualach.
Vernal, adj. An earraich, do 'n earrach.
Versatile, adj. 1. That may be turned round:

so-thionndaidh, so-chur mu 'n cuairt. 2. changeable, variable: mùiteach, caochlaideach, luaineach, luasganach. 3. easily applied to a new task: iol-bheusach.
Versatility, *s.* Mùiteachd, luaineachd, caochlaideachd.
Verse, *s.* 1. A line consisting of a certain succession of sounds: rann. 2. section or paragraph of a book: rann, earrann. 3. poetry, lays: rannaidheachd, bàrdachd.
Verse, *v. a.* Aithris an rannaidheachd, cuir an dàn. Be versed in: bi ionnsuicht' ann.
Versification, *s.* Bàrdachd, duanaireachd, rannaidheachd.
Versify, *v. a.* et *n.* Dean rann, dean bàrdachd, rannaich, cuir an rannaidheachd.
Version, *s.* 1. Change, transformation: tionndadh, atharrachadh, caochladh. 2. translation, or the act of translating: eadar-theangachadh.
Vertebral, *adj.* A bhuineas do chnàimh an droma.
Vertebre, *s.* Alt droma.
Vertex, *s.* 1. Zenith: àird' an speur. 2. the top of any thing: mullach, binnean.
Vertical, *adj.* Dìreach os ceann.
Vertically, *adv.* An druim an adhair.
Vertiginous, *adj.* 1. Rotatory: rothach, cuairsgeach. 2. giddy: tuainealach, timchiollach, siùdanach.
Vertigo, *s.* Tuaineal, tuaicheal, stùird, stùirdean.
Vervain, *s.* Trom-bhad.
Very, *adj.* Fìor, ceart. *That* very *hour:* a' cheart uair sin.
Very, *adv.* Ro, gu fìor, gu mòr, glé.
Vesicle, *s.* Leus, bolg, builgein.
Vesicular, *adj.* Còsach.
Vesper, *s.* Reul an fheasgair.
Vespers, *s.* Ùrnuigh fheasgair.
Vessel, *s.* Soitheach, cathar.
Vest, *s.* Peiteag, peitean, aodach cuim.
Vest, *v. a.* 1. Dress, enrobe: éid, sgeadaich, còmhdaich. 2. invest with: cuir an seilbh, suidhich.
Vestal, *s.* Cailleach-dhubh, maighdean, òigh.
Vestal, *adj.* Maighdeanail.
Vestige, *s.* Aile, lorg, comharradh.
Vestment, *s.* Aodach, sgeadach, trusgan, culaidh, earradh.
Vestry, *s.* 1. A room for the sacerdotal garments: seòmar na culaidh. 2. a parochial assembly: coinneamh fhoirfeach.
Vesture, *s.* Trusgan, earradh, aodach, culaidh.
Vetch, *s.* Peasair-chapuil, peasair-fhionain, peasair luchag, fiat-ghal.
Veteran, *s.* Sean laoch, sean saighdear.
Vex, *v. a.* et *n.* 1. Plague, torment: dorranaich, léir, pian, cràidh. 2. disturb, disquiet: buair, léir, pian, cràidh. 2. disturb, disquiet: buair, léir, dorranaich. 3. trouble with slight provocations: buair, pian, léir, cuir dragh air, sàruich, sgìthich. 4. fret: bi frionasach, bi frithearra.
Vexation, *s.* 1. The act of troubling: léireadh, buaireadh, sàruchadh. 2. uneasiness, sorrow: léireadh, aineadas, buaireadh, aimheal, dorran, cùradh, farran, àmhghar. 3. a slight teasing trouble: dragh, trioblaid.
Vexatious, *adj.* 1. Afflictive, troublesome: dorranach, farranach, buaireasach, àmhgharach. 2. full of trouble: trioblaideach, iomaguineach. 3. teasing: draghail, trioblaideach.
Vexatiously, *adv.* See Vexatious.
Vexatiousness, *s.* Farran, dorran, aineadas.
Vexer, *s.* Buaireadair, fear-sàruchaidh.
Uglily, *adv.* See Ugly.
Ugliness, *s.* 1. Deformity, contrariety to beauty: gràinndead, gràinnde, duaichneachd. 2. turpitude: gràinealachd, déisinneachd.
Ugly, *adj.* Grannda, duaichnidh, déisinneach.
Vial, *s.* Soitheach gloine, searrag.
Viand, *s.* Lòn, biadh deasaichte.
Viaticum, *s.* Lòn-turuis, biadh-siubhail.
Vibrate, *v. a.* et *n.* 1. Brandish: crath, luaisg, turamanaich, crith. 2. make to quiver: trì-buail. 3. play up and down: bi air chrith, seòg. 4. quiver: trì-buail.
Vibration, *s.* Luasgadh, crathadh, trì-bualadh.
Vibratory, *adj.* Seògach, a' trì-bualadh.
Vicar, *s.* 1. The incumbent of an appropriated or impropriated benefice: comh-arba. 2. a substitute: fear-ionaid.
Vicarage, *s.* Beathachadh chomh-arba.
Vicarious, *adj.* An riochd, an ionad.
Vicarship, *s.* Dreuchd chomh-arba.
Vice, *s.* 1. Depravity of manner: dubhailc, aingidheachd, coiripeachd. 2. a fault, an offence: lochd, droch-bheart, coire. 3. a kind of small iron press: greimich, glamar. 4. grasp: greim.
Vicegerent, *s.* Fear-ionaid.
Viceroy, *s.* Fear-ionaid righ, mòr-uachdaran.
Vicinage, *s.* Coimhearsnachd, nàbuidheachd.
Vicinal, *adj.* Dlùth, teann air.
Vicinity, *s.* 1. Nearness: foguisge, foguisgead. 2. neighbourhood: coimhearsnachd, nàbuidheachd.
Vicious, *adj.* Dubhailceach, dò-bheartach, coiripidh, olc, droch-mhuint.
Viciously, *adv.* See Vicious.
Vicissitude, *s.* Atharrachadh, caochladh, mùthadh, tionndadh.
Victim, *s.* 1. A sacrifice: ìobairt, tabhartas. 2. something destroyed: neach air a chiùrradh.
Victor, *s.* Buadhaire, buadhaiche, gaisgeach, curaidh.
Victorious, *adj.* Buadhach, buadhmhor, caithreamach, cosgarra.
Victoriously, *adv.* See Victorious.
Victoriousness, *s.* Buadhachas.
Victory, *s.* Buaidh, caithream, buaidh làrach, cosgarachd.
Victual, } *s.* Biadh, lòn, teachd-an-tìr, beathannan,
Victuals, } biotailt, biotailte.
Victual, *v. a.* Solair lòn, biadh, trus biadh.
Victualler, *s.* Fear-solair lòin, trusaiche.
Videlicet, *adv.* Eadhon, 's e sin ri ràdh.
Viduity, *s.* Bantrachas.
Vie, *v. a.* et *n.* 1. Stake, wager: cuir geall. 2.

contest, contend: cuir strì, dean spàirn, gleachd ri.

View, *v. a.* et *n.* 1. Survey: beachdaich air, dearc, seall. 2. see, perceive by the eye: seall, amhairc, faic.

View, *s.* 1. Prospect: sealladh, fradharc. 2. power of beholding: sealladh, fradharc, léirsinn. 3. intellectual sight: beachd, amharc. 4. act of seeing: faicinn. 5. survey, examination by the eye: beachdachadh. 6. appearance: sealladh, aogas. 7. prospect of interest: dùil. 8. intention, design: rùn.

Viewer, *s.* Fear-amhairc, beachdair.

Vigil, *s.* 1. Watch, devotions performed in the customary hours of rest: aodhradh oidhche, ùrnuigh oidhche. 2. a fast kept before a holiday: trasg. 3. forbearance of sleep: faire, caithris.

Vigilance, } *s.* 1. Forbearance of sleep: faire,
Vigilancy, } caithris. 2. watchfulness, circumspection: furachas, furachras, aire, faicill. 3. guard, watch: faire, dìon.

Vigilant, *adj.* Furachail, faicilleach, aireach, aireachail, caithriseach.

Vigilantly, *adv.* See Vigilant.

Vigorous, *adj.* Neartmhor, beothail, làidir, calma, greimeil.

Vigorously, *adv.* See Vigorous.

Vigour, *s.* 1. Force, strength: spionnadh, neart, làidireachd, lùth, treis. 2. mental force: comas, cumhachd. 3. energy, efficacy: éifeachd, tàbhachd, beothachd, beothantachd.

Vile, *adj.* 1. Base, mean, worthless: suarach, dìblidh, tàireil. 2. morally impure, wicked: truaillidh, gràineil, dubhaileeach.

Vilely, *adv.* See Vile.

Vileness, *s.* 1. Baseness, meanness: suaraichead, suarachas, tàirealachd. 2. moral or intellectual baseness: gràinealachd, truaillidheachd.

Vilify, *v. a.* 1. Debase, degrade: ìslich, dean tàireil, dean suarach. 2. defame, make contemptible: maslaich, mi-chliùthaich, càin, cùl-chàin.

Villa, *s.* Baile duin' uasail, tigh samhraidh.

Village, *s.* Baile beag, frith-bhaile, baile dùthcha, clachan.

Villager, *s.* Fear baile bhig, fear frith-bhaile.

Villain, *s.* 1. A servant: òglach, fear-muinntir. 2. a wicked wretch: crochair, slaightear.

Villanage, *s.* Tràillealachd.

Villanous, *adj.* Suarach, olc, aingidh, gràineil, slaightearach.

Villanously, *adv.* See Villanous.

Villany, *s.* 1. Wickedness, baseness: aingidheachd, slaight, slaigtearachd, gràinealachd, truailleachd. 2. a wicked action, a crime: cionta, lochd, dòbheart.

Villous, *adj.* Ròmach, molach, giobach, caiteineach.

Vincible, *adj.* So-cheannsachaidh, so-chlaoidh.

Vindicate, *v. a.* 1. Justify, support: fìreanaich, taic, cum cothrom ri, gabh a leisgeul, tagair. 2. revenge: dìoghail, thoir a mach aicheamhal. 3. assert, claim with efficacy: tagair. 4. protect from censure: saor, fìreanaich.

Vindication, *s.* Dìon, tagradh, fìreanachadh.

Vindicator, *s.* Fear-fìreanachaidh, tagradair, leisgeulaiche, fear-dìona.

Vindicatory, *adj.* 1. Punitory: dìoghaltach, peanasach. 2. defensory, justificatory: a' fìreanachadh, leisgeulach.

Vindictive, *adj.* Dìoghaltach, gamhlasach, dìbheargach.

Vindictively, *adv.* See Vindictive.

Vine, *s.* Fìonan, fìonain, craobh-fhìona, crann-fìona.

Vinegar, *s.* Fìon-geur.

Vinepress, *s.* Fìon-amar, fìon-fhàisgein.

Vineyard, *s.* Fìon-lios, gàradh-fìona, fìneamhuinn, fìonan.

Vintage, *s.* Foghar nam fìon-dhearc, àm tionail nam fìon-chaor.

Vintner, *s.* Fear-reic fìona, òsdair, òsd-fhear.

Viol, *s.* See Violin.

Violable, *adj.* So-chiùrraidh, so-bhrisidh.

Violate, *v. a.* 1. Injure, hurt: ciùrr, dochainn. 2. infringe: bris. 3. ravish: éignich, thoir air éigin.

Violation, *s.* 1. Infringement or injury of something sacred or venerable: briseadh. 2. rape: éigneachadh, truailleadh.

Violator, *s.* 1. One who injures or infringes something sacred: fear-brisidh. 2. a ravisher: fear-éigneachaidh.

Violence, *s.* 1. Force: spionnadh, neart. 2. an attack, an assault: ionnsuidh, droch ionnsuidh. 3. outrage, unjust force: ainneart, fòirneart. 4. eagerness, vehemence: déine, braise. 5. injury, infringement: ciorram, dochann, coire. 6. forcible defloration: éigneachadh, truailleadh.

Violent, *adj.* 1. Forcible, acting with strength: làidir, neartmhor. 2. assailant, acting by force: fòirneartach, ainneartach. 3. unseasonably vehement: dian, bras, ceann-làidir, garg. 4. extorted, not voluntary: aindeonach, fòirneartach.

Violently, *adv.* See Violent.

Violet, *s.* Fail-chuach.

Violin, *s.* Fiodhull, cruit.

Viper, *s.* Nathair-nimhe, beithir.

Viperous, *adj.* Nimheil, nimhneach.

Virago, *s.* Baobh, bana-ghaisgeach, bean cheannasach.

Virgin, *s.* 1. A maid: maighdean, òigh, ainnir. 2. the sign of the zodiac in which the sun is in August: reul na maighdin 's a' ghréin-chrios. 3. virgin *honey*: mil fhìor-ghlan.

Virgin, *adj.* Maighdeanail, banail, beusach, òigheil.

Virginal, *adj.* Maighdeanail, òigheil, beusach, banail, baindidh.

Virginal, *s.* Òigh-cheòl, ceòl maighdin.

Virginity, *s.* Maighdeanas, òigheachd.

Virile, *adj.* 1. Belonging to man: fearail, a bhuineas do dh' fhirionnach. 2. procreative: sìolmhor.

Virility, *s.* 1. Manhood: firionnachd, fearalachd, duineadas, duinealachd. 2. power of procreation: gineamhuinn, sìolmhorachd.

Virtual, *adj.* Brìgheil, feartach.
Virtually, *adv.* See Virtual.
Virtue, *s.* 1. Moral goodness: subhailc, deadh-bheus. 2. medicinal quality: feart, éifeachd, buaidh. 3. efficacy: éifeachd, cumhachd. 4. acting power: cumhachd, feart. 5. bravery, valour: misneach, cruadal. 6. that which gives excellence: òirdheirceas, maitheas.
Virtueless, *adj.* 1. Wanting virtue: mi-bheusach, droch-bheartach. 2. not having efficacy: neo-éifeachdach, neo-thàbhachdach.
Virtuoso, *s.* Ollamh, fear ionnsuichte, fear-eòlach.
Virtuous, *adj.* 1. Morally good: subhailceach, deadh-bheusach, beusach. 2. chaste: geamnuidh, beusach, banail. 3. efficacious, powerful: éifeachdach, feartach, cumhachdach. 4. having medicinal qualities: feartach, slàinteil, iocshlainteach.
Virtuously, *adv.* See Virtuous.
Virulence, Virulency, *s.* Gamhlas, nimhneachd, droch-mhuinteachd, mì-run.
Virulent, *adj.* 1. Poisonous, venomous: puinnsionach, nimheil. 2. poisoned in the mind, bitter: nimheil, gamhlasach, mì-runach.
Virulently, *adv.* See Virulent.
Visage, *s.* Gnùis, aodann, aogas, tuar.
Viscerate, *v. a.* Thoir am mionach á.
Viscid, *adj.* Tiugh, glaodhach, righinn, leanailteach.
Viscount, *s.* Mor-fhear.
Viscountess, *s.* Ban-mhor-fhear.
Viscous, *adj.* Righinn, leanailteach, glaodhach.
Visibility, *s.* Sealladh, faicsinn, léirsinneachd, soilleireachd.
Visible, *adj.* Soilleir, folluiseach, faicinneach, faicsinneach, so-fhaicsinn.
Visibly, *adv.* See Visible.
Vision, *s.* 1. Sight, the faculty of seeing: fradharc, léirsinn, sealladh. 2. the act of seeing: faicinn, faicsinn, sealltuinn. 3. a spectre, a phantom: sealladh, taibhs, tannasg. 4. a dream: bruadar, aisling, taisbean.
Visional, *adj.* Taisbeanach, mar aisling.
Visionary, *adj.* Taisbeanach, faoin, mac-meanmnach.
Visionary, *s.* Aislingiche, bruadaraiche, fear-mic-meanmna.
Visit, *v. a.* et *n.* 1. Go to see: rach a dh' fhaicinn, dean guth. 2. (in scriptural language): fiosraich. 3. salute with a present: rach a dh' fhaicinn, rach a choimhead. 4. come to a survey with judicial authority: rannsaich, rach a cheasnachadh. 5. keep up the intercourse of ceremonial salutations at houses: tadhail, taoghail.
Visit, *s.* Céilidh, aoidheachd, cuairt, farail.
Visitant, *s.* Fear-céilidh, cuairtear, fear-tathaich, aoidh.
Visitation, *s.* 1. The act of visiting: taoghal, faicinn. 2. judicial visit: cuairt rannsachaidh, ceasnachadh. 3. sent by God: fiosrachadh, breitheanas. 4. of divine love: fiosrachadh.
Visiter, Visitor, *s.* 1. One who comes to see another: fear-céilidh, fear-tathaich, aoidh. 2. an occasional judge: fear-rannsachaidh, fear-amhairc.
Visiting, *s.* Taoghal, céilidh.
Visor. *s.* 1. A mask: cidhis. 2. a movable part in the front of a helmet to protect the upper part of the face: sgiath-bathais, cidhis, sgàil-bréige.
Vista, *s.* Sealladh caol.
Visual, *adj.* Léirsinneach, faicsinneach.
Vital, *adj.* Beothail, beathail, a bhuineas do bheatha.
Vitality, *s.* Beathalachd, beothalachd.
Vitally, *adv.* See Vital.
Vitals, *s.* Buill na beatha.
Vitiate, *v. a.* Truaill, salaich, mill, cuir a dholaidh.
Vitiation, *s*, Truailleadh, milleadh, salchadh.
Vitious, *adj.* See Vicious.
Vitiously, *adv.* See Viciously.
Vitiousness, *s.* 1. Corruptness: coiriptheachd, truaillcachd, aingidheachd. 2. depravation: truailleadh, milleadh.
Vitrification, *s.* Tionndadh gu gloine.
Vitrify, *v. a.* et *n.* 1. Change into glass: tionndaidh gu gloine, dean 'n a ghloine. 2. become glass: fàs 'n ad ghloine.
Vitriol, *s.* Uisge nimhe, uisge loisgeach.
Vitriolic, *adj.* Mar uisge nimhe, mar uisge loisgeach.
Vivacious, *adj.* 1. Long-lived: buan, fad-shaoghalach. 2. spritely, gay: beothail, deò, smiorail, suilbhir, cridheil, sunndach.
Vivacity, *s.* 1. Liveliness, spriteliness: beothalachd, beathalachd, smioralachd. 2. longevity: aosmhorachd, beatha fhada.
Vivid, *adj.* 1. Lively, quick, striking: boillsgeanta, boillsgeil. 2. spritely, active: beathail, beothail, beò, smiorail, grad.
Vividly, *adv.* See Vivid.
Vividness, *s.* Beathalachd, beothalachd, graide, soilleireachd.
Vivify, *v. a.* Beothaich, thoir beatha, cuir beath' ann.
Vixen, *s.* Baobh, neach danarra, crosda.
Viz, *adv.* 'Se sin r' a ràdh, eadhon.
Vizard, *s.* Cidhis.
Ulcer, *s.* Creuchd, cneadh, iongrachadh, cnàmhuin.
Ulcerate, *v. a.* et *n.* 1. Disease with sores: thoir iongrachadh air. 2. turn to an ulcer: iongraich, leannaich, steinlich.
Ulceration, *s.* 1. The act of breaking into ulcers: iongarachadh, iongrachadh, leannachadh, steinleachadh. 2. ulcer: creuchd, cneadh, iongrachadh.
Ulcered, *adj.* Iongraichte, iongaraichte, steinlichte, leannaichte.
Ulcerous, *adj.* Creuchdach, neasgaideach, otharach.
Uliginous, *adj.* Salach, clàbarach, fèitheach, sleamhuinn.
Ulterior, *adj.* Air an taobh thall.
Ultimate, *adj.* Deireannach, air deireadh.
Ultimately, *adv.* Mu dheireadh, air dheireadh na cùise.
Ultramarine, *adj.* Tairlearach.

ULTRONEOUS, *adj.* Deònach, toileach, le saor thoil.
UMBELLATED, *adj.* Cluigeineach, bagaideach.
UMBER, *s.* Dath dorch.
UMBILICAL, *adj.* Iomlagach.
UMBO, *s.* Cop, cnap sgèithe.
UMBRAGE, *s.* 1. Shade: sgàil, sgàileag, dubhar. 2. shadow, appearance: sgàile, faileas, faileus. 3. resentment, offence: oilbheum, mìothlachd, diomb.
UMBRELLA, *s.* Fasgadan, sgàileagan.
UMPIRAGE, *s.* Réiteachadh, deanamh réidh.
UMPIRE, *s.* Fear-réite, breitheamh.
UN, *particle.* Neo, mi, eu, an, do.
UNABLE, *adj.* Neo-chomasach.
UNACTIVE, *adj.* 1. Not brisk: neo-smiorail, neo-bheothail. 2. having no employment: neo-ghnìomhach. 3. not busy: neo-shùrdail.
UNANIMITY, *s.* Aon-toil, aon-inntinn, aontachd.
UNANIMOUS, *adj.* Aon-inntinneach, aon-sgeulach.
UNANIMOUSLY, *adv.* See Unanimous.
UNAPPLICABLE, *adj.* Neo-fhreagarrach, mi-fhreagarrach.
UNAPPREHENSIVE, *adj.* 1. Not ready of conception: neo-gheur, neo-ghrad. 2. not suspecting: neo-amharusach.
UNAPPROPRIATED, *adj.* Neo-fhreagarrach.
UNAPT, *adj.* 1. Dull: neo-gheur, neo-ghrad cearbach. 2. not ready: neo-ullamh. 3. unfit, unproper: neo-chubhaidh, neo-fhreagarrach.
Welldone, *interj.* 'S maith a fhuaras, sin a laochain.
Welfare, *s.* Slàinte, soirbheas.
Wellfavoured, *adj.* Sgiamhach, maiseach, bòidheach, ciatach.
Wellspring, *s.* Tobar, fuaran.
Wellwisher, *s.* Caomhunach, caraid, fear deadh-rùin.
Welt, *s.* Balt, oir, iomall, fàitheam.
Welter, *v. n.* Aornagain, luidir, loirc.
Wem, *s.* Ball, aile, leus.
Wen, *s.* Fliodh, foinne mòr.
Wench, *s.* 1. A young woman: cailin, nighean. 2. in contempt: caile, dubh-chaile. 3. a strumpet: strìopach, siùrsach.
Wench, *v. n.* Rach air siùrsachd, bi ri siùrsachd.
Wencher, *s.* Fear-strìopachais, fear-siùrsachd, druisear.
Wend, *v. n.* Falbh, theirig thairis, siubhail.
Wenny, *adj.* Fliodhach.
Wept, *part.* Ghuil.
Weasand, *s.* Steic-bhràghaid, langan-bràghad.
West, *s.* Iar, àird an iar, iargal.
West, *adv.* An iar, iar.
Westerly, **Western**, *adj.* Iar, 's an àirde 'n iar.
Westward, *adv.* Gus an àirde 'n iar.
Wet, *adj.* Fliuch, uisgidh, àitidh, fliuchach.
Wet, *s.* Uisge, fliuchadh, fliuchalachd.
Wet, *v. a.* Uisgich, fliuch.
Wether, *s.* Mult, mult-reithe.
Wetness, *s.* Fliuchalachd, àitidheachd.
Whale, *s.* Muc-mhara.
Whalebone, *s.* Ite muice-mara.
Whaly, *adj.* Srianach, stiallach.
Whang, *s.* Iall, crios leathair.
Wharf, *s.* Laimhrig.
Wharfage, *s.* Cìs-laimhrig.
Wharfinger, *s.* Fear-laimhrig.
What, *pron.* Ciod, creud.
Whatever, **Whatso**, **Whatsoever**, *pron.* Ciod air bith, ciod 's am bith, cia b' e air bith.
Wheal, *s.* Guirean, plucan.
Wheat, *s.* Cruineachd.
Wheaten, *adj.* Do chruineachd, cruinichd.
Wheedle, *v. a.* Breug, tàlaidh, tataidh, dean beulchar, dean miodal, brosguil.
Wheedler, *s.* Sodalach, bladair, fear-brionnail, bleachdair.
Wheel, *s.* 1. That turns upon an axis: cuibhle, cuidheall, roth. 2. on which criminals are tortured: roth. 3. the instrument of spinning: cuibhle, cuidheall. 4. rotation: cuartalan, dol mu 'n cuairt.
Wheel, *v. a.* et *n.* 1. Make to wheel round: cuibhlich, rol, cuir mu 'n cuairt. 2. move on wheels: tionndaidh, gluais air chuibhleachan. 3. revolve: rach mu 'n cuairt.
Wheelbarrow, *s.* Bara-roth.
Wheely, *adj.* Cruinn, cuairsgeach, rothach.
Wheeze, *v. n.* Bi pìochanaich, dean pìochan, dean carrasan, dean glochar.
Whelm, *v. a.* Còmhdaich, cuir thairis air.
Whelp, *s.* Cuilean.
Whelp, *v. n.* Beir cuileanan, thoir a mach cuain.
When, *adv.* 1. At the time that: 'n uair. 2. at

what time? interrogatively: c' uin', cia 'n uair? co an t-àm? 3. which time: 'n uair, aig an àm.

WHENCE, *adv.* 1. From what place? co as? cia as? 2. from what person? co uaith? 3. from what cause? c' ar son? ciod uime.

WHENCESOEVER, *adv.* Ge b' e air bith co as.

WHENEVER, WHENSOEVER, *adv.* Uair air bith, 'n uair, ge b' e uair.

WHERE, *adv.* 1. At which place: far. 2. at what place? c' àite?

WHEREABOUT, *adv.* C' àite mu? cia mu thimchioll?

WHEREAS, *adv.* 'N uair, an àite sin.

WHEREAT, *adv.* 1. At which: aige, aige sin. 2. at what? co aige? ciod aig'?

WHEREBY, *adv.* 1. By which: leis. 2. by what? ciod leis?

WHEREVER, *adv.* Ge b' e àite, c' àite sam bith.

WHEREFORE, *adv.* 1. For which reason: uime sin, air an aobhar sin. 2. for what reason? c' ar son? ciod uime?

WHEREIN, *adv.* 1. In which: ann 's am, ann 's an. 2. in what? ciod ann? co ann?

WHEREINTO, *adv.* A dh' ionnsuidh.

WHEREOF, *adv.* 1. Of which: dheth, do. 2. of what? co dheth.

WHEREON, *adv.* 1. On which: air. 2. on what? ciod air?

WHERESOEVER, *adv.* Ge b' e àite.

WHEREUNTO, *adv.* 1. To which: dh' ionnsuidh. 2. to what? to what end? c' ar son? cia fàth?

WHEREUPON, *adv.* Air a sin.

WHEREWITH, WHEREWITHAL, *adv.* 1. With which: leis, le. 2. with what? ciod, ciod le, ciod leis?

WHET, *v. a.* Geuraich, faobharaich.

WHET, *s.* 1. The act of sharpening: geurachadh, faobharachadh. 2. any thing that makes hungry as a dram: clach bhleith.

WHETHER, *adv.* Co dhiù, co aca, ge b' e.

WHETHER, *pron.* Co dhiubh, co aca.

WHETSTONE, *s.* Clach-gheurachaidh, clach-fhaobhair.

WHETTER, *s.* Fear-geurachaidh, lìomhadair.

WHEY, *s.* Meòg.

WHICH, *pron.* Co, ciod, cia.

WHICHSOEVER, *pron.* Co sam bith, co air bith, ciod 's am bith.

WHIFF, *s.* Oiteag, osag, séideag, fuaim.

WHIFFLE, *v. a.* et *n.* 1. Blow away, scatter: sgap, sgaoil. 2. move inconstantly: crith, bi air luasgadh, crath.

WHIFFLER, *s.* 1. A harbinger: gille-ruith. 2. a trifler: gaoithean, gaothaire.

WHILE, WHILST, *adv.* 1. During the time that: fhad, rè na h-ùine. 2. at the same time that: 'n uair, am feadh.

WHILE, *s.* Grathunn, tacann, greis, fòil, seal.

WHILE, *v. a.* et *n.* Cuir seachad, sìn ùine, tarruing ùine.

WHIM, *s.* Breitheal, faoin dhòchas, faoineas, saobhsmuain.

WHIMPER, *v. n.* Dean sgiùganaich, guil.

WHIMPERING, *s.* Sgiùgan, sgiùganaich, fann ghearan.

WHIMSICAL, *adj.* Breisleachail, breithealach, faoin, iongantach.

WHIMSICALLY, *adv.* See Whimsical.

WHIN, *s.* Conasg.

WHINE, *v. n.* Dean frith-ghul, guil, gearain, caoin.

WHINE, *s.* Frith-ghal, gal, gul, gearan, crònan.

WHINER, *s.* Fear-gearain, fear-caoidh.

WHINNY, *adj.* Conasgach.

WHIP, *v. a.* et *n.* 1. Strike with any thing tough and flexible: sgiùrs, cuip. 2. lash with sarcasms: sgiùrs, gèarr. 3. take any thing nimbly: tiolp, spiol. 4. move nimbly: gluais grad, thoir car sgiobalta.

WHIP, *s.* Sgiùrs, sgiùrsa, sgiùrsadh, cuip, slat.

WHIPCORD, *s.* Còrd-sgiùrsaidh.

WHIPHAND, *s.* Làmh an uachdar, chuid a 's feàrr.

WHIPPER, *s.* Sgiùrsair, fear-sgiùrsaidh.

WHIPPING, *s.* Sgiùrsadh, cuipeadh, gréidheadh.

WHIPSAW, *s.* Tuireasg mòr.

WHIPSTAFF, *s.* Falmadair.

WHIPSTER, *s.* Fear clis.

WHIRL, *v. a.* et *n.* Cuir mu 'n cuairt, cuibhlich, iomain, rach siùbhlach mu 'n cuairt, ruidh mu 'n cuairt.

WHIRL, *s.* 1. Gyration: cuartalan, dol mu 'n cuairt, roladh. 2. any thing moved with rapid rotation: roithlean, cuairt, cuartag.

WHIRLBONE, *s.* Falman.

WHIRLIGIG, *s.* Gille-mirean, srannan, dòtuman.

WHIRLPOOL, *s.* Cuartag, cuinneag-thuaitheal, faochag, slugan, coire, faochag-chuairtein, saobh-choire.

WHIRLWIND, *s.* Cuairt-ghaoth, ioma-ghaoth.

WHISK, *s.* Sguab, sguabag, sguabach.

WHISK, *v. a.* et *n.* 1. Sweep with a small besom: sguab. 2. move nimbly: sguab seachad.

WHISKER, *s.* Ciabhag.

WHISKERED, *adj.* Ciabhagach.

WHISKY, *s.* Uisge-beatha, mac-na-bracha.

WHISPER, *v. a.* et *n.* Cogair, thoir cagar.

WHISPER, *s.* Cagar, cogar, sanas.

WHISPERER, *s.* Fear-cagarsaich, fear-toirt cagair, cogaraiche.

WHISPERING, *s.* Cagarsaich.

WHIST, *interj.* Uist.

WHISTLE, *v. a.* et *n.* Gairm le fead, dean feadaireachd, feadag.

WHIT, *s.* Dad, dadum, mìr, crimean.

WHITE, *adj.* Geal, cain, bàn, glan.

WHITE, *s.* 1. Whiteness, any thing white: gile, bàinead. 2. of eggs: gealagan. 3. at which an arrow is shot: geal. 4. of the eye: geal.

WHITE, *v. a.* Gealaich, bànaich.

WHITEN, *v. a.* et *n.* 1. Make white: gealaich, bànaich, dean geal, no bàn. 2. grow white: bànaich, fàs geal.

WHITENER, *s.* Fear-gealachaidh.

WHITENESS, *s.* 1. The state of being white: gile, gilead. 2. paleness: bàine, bàinead. 3. purity, cleanness: glaine, glainead.

WHITETHORN, *s.* Sgitheach geal.

Whitewash, *v. a.* Cùmhdaich le plasd gealachaidh, crath uisg'-aoil air.
Whither, *adv.* 1. To what place? ceana, c' àite? 2. to which place, relatively: far, dh' ionnsuidh. 3. whithersoever: far.
Whithersoever, *adv.* Far, ge b' e air bith àite.
Whiting, *s.* 1. A small sea fish: gealag. 2. a soft chalk: caile mhìn, caile thais.
Whitish, *adj.* Car geal, leth-char geal.
Whitlow, *s.* Ana-bhiorach.
Whitsuntide, *s.* Cuingis.
Whittle, *s.* Corc, sgian, sgian dubh.
Whittle, *v. a.* Sliseagaich.
Whiz, *v. n.* Srann.
Whiz, *s.* Srann, fead.
Who, *pron.* Co. Who is this? co so?
Whoever, *pron.* Co air bith, co sam bith, ge b' e air bith.
Whole, *adj.* 1. All, total: uile, iomlan, uile gu léir. 2. complete, not defective: coimhlionta, iomlan. 3. uninjured: slàn, fallain. 4. well of any hurt: slàn, maith.
Whole, *s.* An t-iomlan.
Wholesale, *s.* Ceannachd iomlan, reic-shlàn.
Wholesome, *adj.* 1. Sound: fallain, neo-mheangail, gun ghaoid. 2. contributing to health: slàinteil, fallain. 3. useful: feumail, tarbhach.
Wholesomely, *adv.* See Wholesome.
Wholesomness, *s.* 1. Salubrity: fallaineachd. 2. salutariness, conduciveness to good: tarbhachd, tairbhe.
Wholly, *adv.* See Whole.
Whom, *pron.* Co.
Whomsoever, *pron.* Neach air bith, co air bith.
Whoop, *s.* Glaodh, gàir, iolach.
Whoop, *v. a.* et *n.* Glaodh, dean gàir.
Whore, *s.* Siùrsach, strìopach, sglìurach.
Whore, *v. a.* et *n.* Truaill, dean 'n a strìopaich, dean strìopachas, dean siùrsachd.
Whoredom, *s.* Strìopachas, siùrsachd, drùis, neo-gloine, feòlmhorachd.
Whoremaster, } **Whoremonger**, } *s.* Druiseir, fear-strìopachais.
Whoreson, *s.* Mac dìolain, mac strìopaich.
Whorish, *adj.* Druiseil, druiseach, mi-gheamnuidh, macnusach, strìopachail.
Whorishness, *s.* Druisealachd.
Whortelberry, *s.* Braoileag, fraochag, dearcag-mhonaidh.
Whosoever, *pron.* Co sam bith, co air bith, ge b' e s' am bith.
Why, *adv.* C' uime, c' arson, c' um, ciod air son, ciod uime.
Why, *s.* Atharla.
Wick, *s.* Buaichd, buaichdein, buaicein.
Wicked, *adj.* 1. Given to vice, morally bad: olc, aingidh, droch-bheartach, daoidh, coiripidh, dubhailceach. 2. cursed, baneful, pernicious: mall-uichte, olc, sgriosail.
Wickedly, *adv.* See Wicked.
Wickedness, *s.* Aingidheachd, coiripidheachd, droch-bheart, do-bheairt, mi-bheus.
Wicker, *adj.* Slatach, air a dhèanamh do chaol.
Wicket, *s.* Fath-dhorus, geata cumhang.
Wide, *adj.* Farsuing, farsuinn, leathan, mòr. Wide *of the truth:* fada o 'n fhìrinn.
Widely, *adv.* See Wide.
Widen, *v. a.* et *n.* 1. Make wide: dean farsuing, leudaich, farsuingich. 2. grow wide: fàs farsuing, fàs leathann.
Wideness, *s.* Leud, farsuingeachd.
Widow, *s.* Bantrach, baintreach, baintreabh.
Widow, *v. a.* Dean 'n a bantraich.
Widower, *s.* Bantrach fhir, aonracan.
Widowhood, *s.* Bantrachas.
Width, *s.* Leud, farsuingeachd.
Wield, *v. a.* Laimhsich, giùlain 'n a d' làimh, iomchair.
Wieldy, *adj.* So-laimhseachadh, so-riaghailteachaidh.
Wife, *s.* Bean, bean-phòsda, ban'-chéile, céile.
Wig, *s.* 1. Worn on the head: bréig-chiabh, gruag, pìor-bhuic. 2. a sort of cake: breacag, dèarnag.
Wight, *s.* Neach, fear, urra, bith.
Wild, *adj.* 1. Not tame: fiadhaich, allmharra, alla, allmharach, alluidh. 2. not cultivated: neo-àitichte, fiadhaich. 3. desert, uninhabited: fàs, falamh, neo-àitichte. 4. uncivilized: fiadhaich, borb. 5. turbulent: buaireasach, mi-riaghailteach. 6. inconstant: mùiteach, caochlaideach. 7. uncouth, strange: luidseach, neo-sgiobalta, neònach. 8. merely imaginary: mac-meanmnach, faoin.
Wild, *s.* Fàsach, fiadh-àite.
Wilder, *v. a.* See Bewilder.
Wilderness, *s.* Fàsach, dìthreabh, creatrach, fiadh-àite.
Wildfire, *s.* Teine fiadhain.
Wildly, *adv.* See Wild, *adj.*
Wildness, *s.* 1. Rudeness: fiadhaichead. 2. inordinate vivacity: fiadhaichead, braisead, togarrachd. 3. savageness, brutality: buirbe, gairgead, fiadhaichead. 4. the state of an animal untamed: fiadhaichead, fiadhachd, allmharachd. 5. irregularity: mi-riaghailt. 6. alienation of mind: buaireas inntinn, bànaidh, cuthach.
Wile, *s.* Car, cleas, cuilbheart, mi-chleas, gasdag, giùd.
Wilful, *adj.* 1. Stubborn: an-toileil, ceann-làidir, reasgach, danarra, dearasach, dùr, an-toileach. 2. done or suffered by design: deònach, le toil.
Wiffully, *adv.* See Wilful.
Wilfulness, *s.* Antoilealachd, ceann-làidireachd, reasgachd, rag-mhuinealachd.
Wilily, *adv.* See Wily.
Wiliness, *s.* Cuilbheartachd, seòltachd, cluainteireachd.
Wilk, *s.* Faochag.
Will, *s.* 1. That power by which we desire: toil. 2. choice: toil, roghainn, deòin. 3. command, direction: àithne, toil. 4. disposition, desire: càil, rùn, miann, togradh, toil. 5. testament: tiomnadh. 6. good-will: deadh thoil. 7. ill-will: mi-rùn.

WILL, *v. a.* Iarr, miannaich, sanntaich, rùnaich, togair, àithn, òrduich.
WILLING, *adj.* 1. Inclined to any thing: toileach, deònach, togarrach, 4. pleased, desirous: toileach, iarratach. 3. spontaneous: toileach, deònach.
WILLINGLY, *adv.* See Willing.
WILLINGNESS, *s.* Toilealachd, deòntachd.
WILLOW, *s.* Seileach.
WILY, *adj.* Carach, seòlta, cuireideach, cuilbheartach, cealgach.
WIMBLE, *adj.* Clis, ealamh, grad.
WIMBLE, *s.* Tora, boireal, sniomhair.
WIMBLE, *v. a.* Toll le tora.
WIMPLE, *s.* Currachd, falluinn.
WIMPLE, *v. a.* Còmhdaich le currachd.
WIN, *v. a.* et *n.* 1. Gain by conquest: coisinn, buidhinn, buinnig, buadhaich. 2. gain the victory in a contest: buadhaich, coisinn. 3. gain something valuable: coisinn, buidhinn, faigh. 4. obtain, or gain by any method: coisinn, buidhinn.
WINCE, *v. n.* Breab, tilg.
WINCH, *s.* Uidheam rolaidh.
WINCH, *v. a.* See Wince.
WIND, *s.* 1. A current of air: gaoth. 2. direction of the blast from a particular quarter: gaoth, soirbheas, séideadh. 3. breath: anail. 4. breath modulated by an instrument: anail, séideag. 5. air impregnated with scent: àile cubhraidh. 6. flatulence: brùchdail, gaothaireachd.
WIND, *v. a.* et *n.* 1. Blow: séid. 2. turn round: tionndaidh, toinn, tachrais. 3. regulate in motion: tionndaidh. 4. introduce by insinuation: thoir a stigh. 5. change: mùth, atharraich. 6. entwist, enfold: toinn, trus, paisg, fill. 7. wind *out:* faigh as. 8. wind *up*, bring into small compass as the bottom of threads: tachrais, trus. 9. wind *up*, used of a watch: rol. 10. wind *up*, raise by degrees: tog an àird. 11. turn, change: tionndaidh, atharraich. 12. move round: rach mu 'n cuairt. 13. proceed in flexures: lùb.
WINDBOUND, *adj.* Ri port.
WINDER, *s.* Fear-tionndaidh, fear-toinneimh, fear-tachrais.
WINDFALL, *s.* 1. Fruit blown down from the tree: meas air a chrathadh sìos. 2. any unexpected advantage: fortan.
WINDINESS, *s.* Gaothmhorachd.
WINDING, *s.* Lùbadh, tionndadh, car.
WINDING, *adj.* Lùbach.
WINDINGSHEET, *s.* Léine bhàis, aodach mairbh, marbh-phaisg, taisg-eudach.
WINDLACE, } *s.* Crannachan, crann-tachrais, tach-
WINDLASS, } rasan.
WINDLE, *s.* Fèarsaid.
WINDMILL, *s.* Muileann gaoithe.
WINDOW, *s.* Uinneag.
WINDOW, *v. a.* Thoir uinneag air.
WINDPIPE, *s.* Steic-bhràghaid, langan-bràghaid, sgòrnan.
WINDWARD, *adv.* Air fuaradh, air taobh na gaoithe.
WINDY, *adj.* 1. Consisting of wind: gaothar. 2. empty, airy: gaoitheanach, faoin, eutrom, gogaideach. 5. tempestuous: stoirmeil, doinneanach, àrd-ghaothach. 4. puffy: gaothar, oiteagach.
WINE, *s.* Fìon. Wine press: teanntan.
WING, *s.* 1. Of a bird: sgiath. 2. a fan to winnow: guit. 3. flight: itealaich. 4. of an army: sgiath. 4. protection: sgiath.
WING, *v. a.* 1. Furnish with wings: cuir sgiathan air. 2. transport by flight: giùlain air iteag. 3. exert the power of flying: falbh air iteag, dean itealaich. 4. wound a bird in the wing: leòn 's an sgiath.
WINGED, *adj.* 1. Furnished with wings: sgiathach. 2. swift, rapid: luath, siubhlach.
WINGY, *adj.* Sgiathach.
WINK, *v. n.* 1. Shut the eyes: caog, priob. 2. hint or direct by the motion of the eyelids: caog, smèid. 3. close and exclude the light: dùin. 4. connive: caog, leig seachad.
WINK, *s.* 1. Act of closing the eye: priobadh. 2. a hint given by motion of the eye: caogadh, smèideadh.
WINNER, *s.* Fear-buidhinn, fear-cosnaidh.
WINNING, *adj.* Taitneach, dlùth-thairngeach, ciatach, gaolach.
WINNING, *s.* Buannachd, cosnadh.
WINNOW, *v. a.* et *n.* 1. Part the grain from the chaff: fasgain, glan càth. 2. fan: buail le fuaragan. 3. sift, examine: rannsaich, feuch. 4. separate, part: dealaich, sgar.
WINSOME, *adj.* Cridheil, sunndach.
WINTER, *s.* Geamhradh.
WINTER, *v. a.* et *n.* Geamhraich, caith an geamhradh.
WINTERLY, } *adj.* Geamhrail, geamhranta, geamh-
WINTRY, } rachail.
WIPE, *v. a.* Suath, rub, siab, glan, sguab. Wipe *out:* dubh a mach.
WIPE, *s.* 1. An act of cleansing: suathadh, rubadh, siabadh, glanadh. 2. a blow, a jeer, a gibe: buille, gleadhar, tachairt ri, beum, bearradh.
WIRE, *s.* Còrd iaruinn, teud iaruinn.
WISDOM, *s.* Gliocas, tuigse, ciall, tùr, eagnaidheachd, crìonnachd, eòlas.
WISE, *adj.* 1. Sapient, judging rightly: glic, tuigseach, ciallach. 2. judicious, prudent: glic, eagnaidh, crìonnta, crìonna. 3. skilful, dexterous: eòlach, ealanta, teòma, fiosrach. 4. grave: stòlda, ciallach.
WISEACRE, *s.* 1. A wise or sententious man: fear glic, fear geur-chùiseach. 2. a fool, a dunce: burraidh, baothair, umpaidh.
WISELY, *adv.* See Wise.
WISH, *v. a.* et *n.* 1. Desire, long for: miannaich, iarr. 2. ask: iarr, sir. 3. imprecate: guidh. 4. have strong desire, long: guidh, togair. 5. be disposed or inclined: togair, sanntaich, rùnaich, bi deònach.
WISH, *s.* 1. Longing desire: miann, togradh, déigh, dùrachd, toil. 2. thing desired: iarrtas, athchuinge, guidhe. 3. desire expressed: iarrtas, guidhe, athchuinge.

Wisher, *s.* Fear-guidhe, fear-iarraidh.
Wishful, *adj.* Miannach, déigheil, togarrach, cionail.
Wishfully, *adv.* See Wishful.
Wisp, *s.* Sop, boitein.
Wistful, *adj.* Cùramach, aireach, smuaineach.
Wistfully, *adv.* See Wistful.
Wit, *s.* 1. The powers of the mind: tuigse, toinisg, tùr, ciall. 2. imagination, quickness of fancy: mac-meamna, mac-meanmna. 3. sentiments produced by quickness of fancy: geur-labhairt, geur-chùis. 4. a man of fancy: fear geur-chùiseach, bearradair, fear geur-chainnteach. 5. a man of genius: fear tulchuiseach, fear mòir thuigse. 6. are you in your wits: 'm bheil thu 'ñ ad chiall féin. 7. contrivance, stratagem: innleachd, tionnsgnadh.
Witch, *s.* Ban-draoidh, buitseach, briosag.
Witch, *v. a.* See Bewitch.
Witchcraft, *s.* Draoidheachd, druidheachd, buitseachas, buitseachd.
Witchery, *s.* Druidheachd, geasan, buitseachd.
With, *prep.* 1. By, noting cause, means, or instrument: le, leis. 2. for, noting confederacy or favour: maille ri, le, leis. 3. noting comparison: ri. 4. noting connection: maille ri, cuide ri. 5. amongst: measg. With the Greeks: measg nan Greugach. 6. upon: air.
Withal, *adv.* Os barr, mar an ceudna, mar ri.
Withdraw, *v. a.* et *n.* 1. Take back, bereave: thoir air ais, tarruing air falbh, buino. 2. make to retire: cuir a thaobh, cuir a leth-taobh. 3. retire: ais-chéimnich.
Withe, *s.* 1. A willow twig: slatag sheilich, gad. 2. a band: ceangal, bann.
Wither, *v. a.* et *n.* 1. Make to fade: dàth, sgreag. 2. fade: seac, meath, crìon, searg, caith as, crìonaich.
Witheredness, *s.* Seargadh, seacadh, crìonadh.
Withers, *s.* Slinneanan.
Withhold, *v. a.* Cum air ais, bac, cum o.
Within, *prep.* An taobh a stigh, a stigh.
Within, *adv.* 'S an leth a stigh, 's an taobh stigh, a stigh. Is he *in:* am bheil e stigh.
Without, *prep.* 1. Not with: gun. 2. in a state of absence from: as eugmhais, gun. 3. beyond: an taobh a muigh, mach o. 4. not within: muigh, mach.
Without, *adv.* A muigh, a mach, muigh, mach.
Without, *conj.* Mur, ni 's lugha ña.
Withstand, *v. a.* Seas an aghaidh, cuir an aghaidh, cum ri, seas ri.
Withy, *s.* Gad.
Witless, *adj.* Neo-thoinisgeach, faoin, gòrach, amaideach.
Witlessly, *adv.* See Witless.
Witling, *s.* Fear leth-gheur.
Witness, *s.* Fianuis.
Witness, *v. a.* et *n.* 1. Attest: fianuisich, dearbh le fianuis, thoir fianuis. 2. bear testimony: tog fianuis, thoir fianuis, bi fianuiseach.
Witted, *adj.* Geur, tùrail.
Witticism, *s.* Geur-fhocal, bearradaireachd.
Wittily, *adv.* See Witty.
Wittingly, *adv.* Le deòin, a dh' aon ghnothach.
Witty, *adj.* 1. Judicious, ingenious: tuigseach, tulchuiseach, geur-chuiseach. 2. full of imagination: mac-meanmnach, geur, geur-fhocalach, geur-fhoclach. 3. sarcastic, full of taunts: beumach, sgaiteach, éisgeach, geur-fhoclach.
Wives, *s.* Mnathan.
Wizard, *s.* Draoidh, druidh, buitseach, fiosaiche.
Wo, }
Woe, } *s.* Truaighe, an-aoibhneas, mulad, àmhghar, dùlas.
Woad, *s.* Seòrsa guirmein.
Woful, *adj.* 1. Sorrowful, afflicted: muladach, doilghiosach, brònach, an-aoibhneach, dubhach. 2. calamitous, afflictive: truagh, àmhgharach. 3. wretched, paltry: suarach, truagh.
Wofully, *adv.* See Woful.
Wold, *s.* Srath.
Wolf, *s.* Madadh-alluidh, faol-chù, alla-mhadadh.
Wolfish, *adj.* Alluidh, fiadhaich.
Wolfsbane, *s.* Fuath-a'-mhadaidh.
Woman, *s.* 1. A female: boirionnach, bean. 2. a female attendant: ban-oglach, gruagach.
Woman, *v. a.* Dean so-ghéillidh, dean mi-fhearail.
Womanhater, *s.* Fear-fuathachaidh bhoirionnach.
Womanish, *adj.* Banail, sèimh, mallta, màlda, bainddidh, mar bhoirionnach, mnathail.
Womanishly, *adv.* See Womanish.
Womankind, *s.* Cinneadh bhan, cinneadh boirionn.
Womanly, *adj.* See Womanish.
Womb, *s.* Bolg, machlag, brù.
Women, *s. pl.* Mnathan, boirionnaich.
Wonder, *v. n.* 1. Be struck with admiration: bi fuidh ionghnadh, gabh iongantas. 2. doubt: saoil. I wonder if he will come: saoil an d' thig e.
Wonder, *s.* 1. Admiration, astonishment: iongnadh, ionghnadh, iongantas. 2. a strange thing: iongnadh, mìorbhuil, neònachas, iongantas.
Wonderful, *adj.* Iongantach, mìorbhuileach, gàbhaidh, neònach.
Wonderfully, *adv.* See Wonderful.
Wondrous, *adj.* See Wonderful.
Wondrously, *adv.* See Wondrous.
Wont, *v. n.* Cleachd, gnàthaich, bi mar àbhaist.
Wont, *s.* Cleachdadh, cleachdamh, nòs, gnàths.
Wonted, *adj.* Cleachdta gnàthaichte.
Woo, *v. a.* et *n.* Dean suiridh, iarr, sir.
Wood, *s.* 1. A large and thick collection of trees: coill, coille, doire. 2. timber: fiodh, connadh.
Woodbind, }
Woodbine, } *s.* See Honeysuckle.
Woodcock, *s.* Coileach-coille, creòthar, crom-nan-duilleag.
Wooded, *adj.* Caillteach, coillteachail.
Wooden, *adj.* Fiodhach, do dh'fhiodh, fiodha, maide. Wooden *leg:* cas mhaide.
Woodpetter, *s.* Reudan.
Woodland, *s.* Fearann coillteach, coille.
Woodland, *adj.* Caillteach, coillteachail.
Woodlark, *s.* Uiseag choille.
Woodlouse, *s.* Mial choille.

Woodman, Woodsman, } s. Sealgair, gìomanach, fear-frìthe.
Woodpeck, Woodpecker, } s. Snagan-daraich.
Woodpigeon, s. Columan coille, columan fiadhaich, smùdan.
Woodsare, s. Smugaid cubhaig.
Woodsorrel, Glaoran, fead-coille.
Woodward, s. See Forester.
Woody, adj. Coillteaeh, coillteachail, doireach.
Wooer, s. Suiridheach, fear-brìodail, seircean.
Woof, s. Inneach, uachdar.
Wooingly, adv. Gu taitneach.
Wool, s. Olann, olainn, clòimh.
Woolcomber, s. Fear-cìridh clòimhe, càrdair.
Woolen, Wooly, } adj. Clòimheach, do dh'olainn.
Woolpack, Woolsack, } s. Poca clòimhe.
Word, s. 1. A single part of speech: facal, focal, briathor. 2. a short discourse: facal, focal. 3. talk, discourse: labhairt, còmhradh, cainnt. 4. dispute: consachadh, focail. 5. language: cainnt, labhairt. 6. promise: facal, focal, gealladh. 7. signal: focal òrduigh. 8. account, tidings: cunntas, naidheachd. 9. declaration: facal, focal. 10. Scripture: focal. 11. the second person of the Trinity: Focal.
Word, v. a. et n. 1. Express in words: foclaich, deachd, cuir am briathran. 2. dispute: consaich.
Worder, s. Foclaiche, fear-labhairt.
Wordish, adj. Foclach, focalach.
Wordless, adj. Balbh, gun fhocal.
Wordy, adj. Foclach, focalach, briathrach.
Work, v. a. et n. 1. Labour: oibrich. 2. bring by action into any state: oibrich. 3. make by gradual labour: oibrich, cuir air aghart. 4. exert: oibrich, saothraich. 5. labour, travail, toil: oibrich, saothraich. 6. be in action: oibrich. 7. ferment: oibrich. 8. work *out*, effect by toil: cuir crìoch air. 9. work *out*, erase: dubh mach. 10. work *up*: oibrich a suas.
Work, s. 1. Toil, labour, employment: obair, saothair, gnìomh. 2. a state of labour: obair, saothair. 3. flowers of the needle: obair, obair ghréis. 4. any fabric of art: obair. 5. action, feat, deed: gnìomh, cùis, gnothuch. 6. operation: obair. 7. management, treatment: sèol, dòigh, modh. 8. set on *work*: cuir a dh'obair.
Worker, s. Oibriche, fear-oibre.
Working, s. Oibreachadh.
Workman, s. Fear-ceàirde, fear-oibre, làmh-oibre.
Workmanlike, Workman, } adj. Teòma, ealanta, sgileil.
Workmanship, s. 1. Manufacture: obair. 2. the skill of a worker: obair, ealdhain. 3. the act of working: ealdhain.
Workshop, s. Bùth oibre, tigh oibre.
Workwoman, s. Bean oibre.
World, s. 1. System of beings: saoghal. 2. the earth: saoghal, domhain, cruinne, cruinne-cé, talamh. 3. present state of existence: saoghal, beatha. 4. public life: saoghal. 5. great multitude: saoghal, mor-shluagh. 6. mankind: cinne-daona. 7. manners of men: saoghal.
Worldliness, s. Saoghaltachd, sannt, an-saoghaltachd.
Worldling, s. Spìocair, duine sanntach, daolag.
Worldly, adj. 1. Secular, belonging to this life: saoghalach, saoghalta, saoghaltach. 2. bent upon this world: saoghalta, an-saoghalta, saoghaltach, sanntach, gnù, talmhaidh. 3. human: saoghalta, talmhaidh.
Worldly, adv. See Worldly, adj.
Worm, s. 1. That lives in the earth: cnuimh, cnuimheag, durrag, biathainne. 2. in the body: durrag, botus. 3. something tormenting: cnuimh, guin, goimh. 4. any thing spiral: cliath, ni lùbach.
Worm, v. a. et n. 1. Drive by slow and secret means: snìomh, toinn troimh. 2. deprive a dog of a worm: gèarr féith chuthaich. 3. work slowly and gradually: cnàmh.
Wormwood, s. Burmaid, searbhachd.
Wormy, adj. Cnuimheach, cnuimheagach, daolagach.
Worn, part. Caithte.
Wornil, s. Feursann.
Worry, v. a. 1. Tear, mangle: reub, srac, srachd, stròic, beubanaich. 2. harass: pian, claoidh, sàruich.
Worse, adj. Ni 's measa, ni 's miosa, measa, miosa.
Worse, adv. Air dhòigh a 's miosa.
The Worse, s. A chuid is miosa, diùbhaidh.
Worship, s. 1. Dignity, eminence: urram, òirdheirceas, onoir. 2. a title of honour: onoir. Please your *worship*: le 'r 'n onoir. 3. adoration: aoradh, adhradh. 4. honour, respect: onoir, meas, urram.
Worship, v. a. et n. 1. Adore: thoir aoradh, dean aoradh. 2. respect, honour: onoraich, urramaich, cuir meas air. 3. perform act of adoration: dean aoradh.
Worshipful, adj. Urramach, measail.
Worshipfully, adv. See Worshipful.
Worshipper, s. Fear-aoraidh, adhradair, cràbhaiche.
Worst, adj. A 's measa, a 's miosa.
Worst, s. Chuid a 's miosa.
Worst, v. a. Claoidh, ceannsaich, sàruich, gabh air.
Worsted, s. Abhras.
Wort, s. Brailis, leann òg.
Worth, s. 1. Price, value: luach, prìs, fiach. 2. excellence: òirdheirceas, fiach. 3. importance: luachmhorachd, fiach, fiachalachd.
Worth, adj. 1. Equal in value: fiach, fiù. 2. deserving of: toillteanach, airidh.
Worthily, adv. See Worthy.
Worthiness, s. 1. Desert, merit: toillteanas, airidheachd. 2. excellence, dignity: òirdheirceas, maitheas.
Worthless, adj. Neo-luachmhor, gun fhiù, leibideach, suarach, olc.
Worthlessness, s. Neo-luachmhorachd, suaraicheadh, olcas, leibideachd.
Worthy, adj. 1. Deserving: toillteanach, airidh, fiù, fiachail. 2. valuable, noble: luachmhor, òirdheirc, prìseil. 3. having worth, having virtue: saoi,

subhailceach, fiachail. 4. suitable for any quality: fiùghail, airidh. 5. deserving of bad: toillteanach.
Worthy, *s.* Duine maith, duin' urramach, saoi, saoidh.
Woven, *part.* Fighte.
Would, *v. aux.* B'àill.
Wound, *s.* Leòn, lot, creuchd, dochann, eneadh.
Wound, *v. a.* Leòn, lot, dochainn, cràidh, ciùrr, iom-ghon.
Wound, *part.* Tachraiste.
Wrack, *s.* See Wreck, *s.*
Wraith, *s.* Tannasg, tàcharan, dreug.
Wrangle, *v. n.* Còmsaich, troid, dean deasbud.
Wrangle, *s.* Còmsachadh, trod, deasbud.
Wrangler, *s.* Deasbair, conspoidiche.
Wrap, *v. a.* 1. Roll together: paisg, trus, ceangail. 2. involve: trus, fill, paisg. 3. comprise, contain: fill, gabh a stigh. 4. wrap *up:* paisg a suas, dùin suas. 5. transport: giùlain air falbh, lìon.
Wrapper, *s.* 1. One that wraps: fear-trusaidh, fear-pasgaidh. 2. that in which any thing is wrapt: filleag, cuairsgean, trusan, trusadh.
Wrath, *s.* Fearg, corruich, fraoch.
Wrathful, *adj.* Feargach, corrach, cas.
Wrathfully, *adv.* See Wrathful.
Wreak, *v. a.* 1. Revenge: dìoghail. 2. execute any violent design: dòirt t' fhearg air, taom, brùchd.
Wreakful, *adj.* Dìoghaltach, feargach.
Wreath, *s.* 1. Any thing curled or twisted: cuairsgeag, clàideag, lùbag, dual, camag. 3. a garland, a chaplet: blàth-fhleasg, blàth-fhleasgadh. 3. a heap of snow: cuith.
Wreath, *v. a.* et *n.* 1. Curl, twist: toinn, snìomh, cuairsg. 2. interweave: figh, dual, cas. 3. encircle as a garland: cuairtich, cuir mu 'n cuairt air. 4. be interwoven: bi air do dhualadh, bi air d'fhighe.
Wreathy, *adj.* Cuairsgeach, leadanach, dualach, camagach, cas.
Wreck, *s.* 1. On the rocks or shallows at sea: long-bhriseadh, call. 2. ruin, destruction: call, calldachd, sgrios, léir-sgrios, milleadh. 3. the thing wrecked: briseadh.
Wreck, *v. a.* et *n.* 1. Destroy by dashing on rocks or sands: bris, tilg air cladach, bruan, spealg. 2. ruin: mill, sgrios, creach. 3. suffer wreck: bi air do bhriseadh, rach 'n ad spealgan.
Wren, *s.* Dreadhan, dreadhan donn, dreòlan.
Wrench, *v. a.* 1. Pull by violence: spìon, snìomh á, toinn á. 2. sprain: siach.
Wrench, *s.* 1. A violent pull or twist: spìonadh, tarruing, snìomh, toinneamh á. 2. a sprain: siachadh, sguchadh.
Wrest, *v. a.* Spìon, toinn, snìomh, éignich.
Wrest, *s.* Snìomh, toinneamh, spìonadh.
Wrestle, *v. n.* Gleachd, dean strì, dean spàirn.
Wrestler, *s.* Gleachdair, fear comh-strì, caraiche.
Wretch, *s.* 1. A miserable mortal: truaghan, creutair truagh, anachradh. 2. a worthless sorry creature: ceacharran, trusdar, duine suarach, fudaidh. O poor *wretch:* O thruaghain bhochd.
Wretched, *adj.* 1. Miserable, unhappy: truagh, mi-shona, dòlasach. 2. calamitous, afflictive: truagh, doilghiosach, àmhgharach, bochd. 3. sorry, worthless: suarach, leibideach, tàireil, gun-diù' deurail.
Wretchedly, *adv.* See Wretched.
Wretchedness, *s.* 1. Misery, unhappiness: truaighe, dòlas, bochduinn, àmhghar. 2. pitifulness: trusdaireachd, suarachas.
Wriggle, *v. a.* et *n.* Dean iomairt, siùd, seòg.
Wriggle, *adj.* Lùbach, sùbailte.
Wright, *s.* Saor.
Wring, *v. a.* et *n.* 1. Twist: fàisg, toinn. 2. squeeze, press: fàisg, bruth. 3. writhe: toinn, snìomh. 4. pinch: pioc. 5. harass, distress: claoidh, sàruich, dean ainneart air. 6. distort, turn to a wrong purpose: fiar, siach. 7. writhe with anguish: sream le cràdh.
Wringer, *s.* Fàsgadair, fear-fàsgaidh.
Wrinkle, *s.* Caisreag, preas, preasadh, casadh, criopag, rocan.
Wrinkle, *v. a.* Criopagaich, sream, liurc, preas.
Wrist, *s.* Caol an dùirn.
Writ, *s.* 1. Any thing written: sgrìobhadh. 2. a legal instrument: sgrìobhadh lagha.
Write, *v. a.* et *n.* 1. Express by means of letters: sgrìobh, cuir an sgrìobhadh. 2. engrave, impress: grabh, geàrr.
Writer, *s.* 1. One who practises the art of writing: sgrìobhach, sgrìobhair. 2. an author: ùghdair, sgrìobhadair.
Writhe, *v. a.* et *n.* 1. Distort: preas, sream, cuir car grannd' ann. 2. twist with violence: toinn, snìomh, cas. 3. wrest, force by violence: fiar, cam, siach. 4. be convolved with torture: sream le cràdh.
Writing, *s.* Sgrìobhadh.
Wrizzled, *adj.* Preasach, caisreagach.
Wrong, *s.* 1. An injury: eucoir, eu-ceart, cron, dochair, coire. 2. error, not truth: mearachd, coire.
Wrong, *adj.* 1. Not morally right, not just: eucoireach, docharach, mi-cheart. 2. not physically right, unfit: mi-cheart, neo-chothromach, neo-chubhaidh, ceàrr. 3. acting improperly: mearachdach, ceàrr.
Wrong, *adv.* See Wrong, *adj.*
Wrong, *v. a.* Ciùrr, dochainn, dean eucoir air.
Wronger, *s.* Ceann coire, fear-aimhleis.
Wrongful, *adj.* Lochdach, ciontach, coireach, mearachdach, eucoireach.
Wrongfully, *adv.* See Wrongful.
Wronghead, Wrongheaded, } *adj.* Eu-céillidh, gòrach, amaideach, mearachdach.
Wrongly, *adv.* See Wrong, *adj.*
Wrongness, *s.* Seachranachd, mearachd.
Wroth, *adj.* Feargach, an corruich.
Wrought, *part.* Oibrichte, dèanta, crìochnaichte, gnàthaichte, cleachdta.
Wrung, *part.* Fàisgte.
Wry, *adj.* Cam, claon, fiar, crotach.
Wry, *v. a.* et *n.* 1. Make to deviate, distort: fiar, claon, dean cam, cuir car ann. 2. deviate from the right direction: claon, lùb, bi fiar, fàs cam.

X, The numeral letter for ten : deich.
Xenodochy, *s.* Aoidheachd, biadhtachd.
Xerophagy, *s.* Biadh tioram.
Xylography, *s.* Grabhaladh air fiodh.

Yacht, *s.* Sgoth, long bheag aisig, birlinn.
Yard, *s.* 1. Enclosed ground : gàradh, lios. 2. a measure : slat, slat-thomhais. 3. of the sails: slat shiùil.
Yare, *adj.* Deas, ullamh, beò, ealamh, clis.
Yarn, *s.* Snàth, snàth clòimhe, abhras.
Yarr, *v. n.* Bi grunnsgulaich, dean grunnsgul.
Yarrow, *s.* Lus-chosgaidh-na-fola, athair-thalmhainn.
Yaul, Yawl, *s.* Geòla, geòladh, bàta luinge, culaidh, eathar.
Yawn, *v. n.* 1. Gape, oscitate : dean mèanan, dean meunan, bi mèananaich. 2. open wide: fosgail farsuing, cuir craos ort.
Yawn, *s.* 1. Oscitation : mèanan, meunan, mèananaich. 2. gape : fosgladh farsuing, braoisg.
Yawning, *adj.* Cadaltach, mèananach, àinneartaich.
Ycleped, *part.* Ainmichte, ris an goirear.
Ye, *pron.* Sibh, sibhse.
Yea, *adv.* Seadh.
Yean, *v. n.* Beir uan, beir.
Yeaned, *adj.* Air a bhreith.
Yeanling, *s.* Uan, uanan, uan òg.
Year, *s.* Bliadhna.
Yearling, *s.* Bliadhnach.
Yearly, *adj.* Bliadhnail.
Yearly, *adv.* Gach bliadhna.
Yearn, *v. a.* et *n.* 1. Grieve, vex : léir, cràidh, cuir cùradh air. 2. feel tenderness or pity : bi truacanta, fairich truas, gabh truas, mothaich iochd.
Yearning, *s.* Truacantas, bàigh, iochd, truas.
Yelk, *s.* Buidheagan uibhe.
Yell, *v. n.* Sgreuch, sgread, sgal, raoic, glaodh.
Yell, *s.* Sgreuch, sgread, sgal, raoic, iach, glaodh, ràn, burral.
Yellow, *adj.* Buidhe.
Yellow, *s.* Buidhe, dath buidhe.
Yellow, *v. a.* et *n.* 1. Render yellow: dean buidhe. 2. grow yellow : fàs buidhe.
Yellowhammer, *s.* Buidheag-bhuachair, buidhein.
Yellowish, *adj.* Buidhe, car buidhe, leth-char buidhe.
Yellowness, *s.* Buidhead.
Yelp, *v. n.* Dean tathunn, dean comhartaich.
Yeoman, *s.* Leth-dhuin' uasal, tuathanach beartach.
Yeomanry, *s.* Leth-dhaoin uaisle, tuathanaich mheasail, ceathairne.
Yerk, *v. a.* et *n.* 1. Throw out or move with a spring : tilg le sitheadh, thoir sitheadh. 2. lash, beat : sgiùrs, gabh air. 3. move as with jerks : thoir leum, thoir leum grad.
Yerk, *s.* Grad-leum, grad-char, sitheadh.
Yes, *adv.* Tha, seadh, eadh.
Yest, *s.* 1. The foam of beer in fermentation : dèasgann, beirm. 2. the spume on troubled water, foam, froth : cop, cobhar.
Yesty, *adj.* Copach, cobharach.
Yesterday, *s.* An dé.
Yesternight, *s.* An raoir.
Yet, *conj.* Gidheadh, fòs, fathast, an déigh.
Yet, *adv.* Fathast, os bàrr, fhathast, tuilleadh fòs. As *yet :* gus a nis.
Yew, *s.* Iubhar.
Yewen, *adj.* Iubharach, iùbhrach.
Yex, *s.* Aileag.
Yex, *v. n.* Biodh aileag ort.
Yield, *v. a.* et *n.* 1. Produce, give in return for cultivation or labour : thoir a mach, thoir seachadh, thoir bàrr. 2. produce in general : thoir a mach, thoir seachad. 3. exhibit : nochd, taisbean. 4. allow, concede : ceadaich. 5. permit : ceadaich, deònaich. 6. exmit, expire : thoir a suas. 7. surrender : thoir seachad, thoir suas. 8. give up the contest, submit : géill, strìochd. 9. comply with any person : géill, lùb, strìochd. 10. comply with things required or enforced : aontaich. 11. concede, admit : aidich.
Yielding, *s.* Strìochdadh, géilleadh.
Yieldingness, *s.* Lùbadh, sùbailteachd.
Yoke, *s.* 1. On the neck of draught oxen : cuing,

bràighdeach. 2. a mark of servitude, slavery: cuing, daorsa. 3. a chain, a link: slabhraidh, slabhruidh. 4. a pair: càraid, dithis.

YOKE, *v. a.* et *n.* 1. To a carriage: beartaich, cuingich. 2. with another: ceangail an cuing, càraidich, cuir an cuing, cuing-cheangail. 3. enslave, subdue: cìosnaich, sàruich, claoidh. 4. restrain, confine: bac, cum air ais. 5. be joined with another: bi ceangailt' am boinn, bi an càraid.

YOKEFELLOW, YOKEMATE, *s.* 1. Companion in labour: comh-oibriche. 2. mate, commonly partner in marriage: companach, céile.

YOLK, *s.* Buidheagan.

YON, YOND, YONDER, *adj. adv.* Sud, ud, od.

YORE, *adv.* O shean, o cheann fada.

YOU, *pron.* Sibh, sibhse.

YOUNG, *adj.* 1. Not old: òg. 2. ignorant, weak: aineolach, lag, neo-chleachdach.

YOUNG, *s.* Àl òg, alach, sliochd. As the old cock crows the young learns: an rud a chi na big 's e a ǹi na big.

YOUNGISH, *adj.* Ògail.

YOUNGLING, *s.* Creutair òg, creutair maoth, maoth-aran.

YOUNGLY, *adj.* See Youthful.

YOUNGLY, *adv.* See Young, *adj.*

YOUNGSTER, YOUNKER, *s.* Òganach, balachan, urr' òg.

YOUR, *pron.* Do. *pl.* bhur.

YOURSELF, *pron.* Thu féin, thu fhéin.

YOUTH, *s.* 1. The part of life succeeding to childhood and adolescence: òige. 2. a young man: òg, òganach, gille, gasan, fleasgach. 3. young men, collectively: òigridh, òganaich. 4. a manly *youth:* abarach.

YOUTHFUL, *adj.* Ògail, òg, ùrail.

YOUTHFULLY, *adv.* See Youthful.

YOUTHFULNESS, *s.* Ògalachd.

YULE, *s.* Nollaig.

ZANY, *s.* Àmhuilteach, baoth-chleasaiche, fear ain-cheardach, sgeigeir.

ZEAL, *s.* Eud, dealas, dian-dheothas, deadh dhùrachd.

ZEALOT, *s.* Eudaire, fear dealasach, fear tnùthail.

ZEALOUS, *adj.* Eudmhor, deal, dealasach, dian, dùrachdach, teth, bras, togarrach.

ZEALOUSLY, *adv.* See Zealous.

ZEALOUSNESS, *s.* Eudmhorachd, eudmhoireachd, dealas, deothas.

ZEBRA, *s.* Asal bhreac, asal stiallach.

ZENITH, *s.* Druim an adhair.

ZEPPHYR, ZEPHYRUS, *s.* Gaoth an iar.

ZEST, *s.* Blas, blas taitneach, blas milis.

ZEST, *v. a.* Dean blasda, cuir blas air.

ZIG-ZAG, *s.* Sgrìob lùbach, fiaradh a ǹull 's a ǹall.

ZIG-ZAG, *adj.* Lùbach, carach, dreach-lùbach, cam, lùbach.

ZODIAC, *s.* Grian-chrios, crios-nèimhe.

ZONE, *s.* 1. A girdle: crios, bann, stìom. 2. a division of the earth: cuairt de 'n talamh, cuairt de 'n t-saoghal. 3. circuit, circumference: cuairt, cearcall.

ZONED, *adj.* Criosach.

ZOOLOGY, *s.* Cunntas mu bheathaichean.

ZOOTOMIST, *s.* Corp-shnasadair, gearradair chairbhean.

ZOOTOMY, *s.* Cairbh-shnasadh, gearradh chairbhean.

GAELIC DICTIONARY.

PART III.

LATINO-GAELIC.

DICTIONARIUM

SCOTO-CELTICUM.

LATINO-GAELIC.

A, } *prep.* O, á; *vincitur a:* le.
Ab, }
Abactus, *part.* Iomainte, togta.
Abacus, *s.* Clàr, leac.
Abdicatio, *s.* Dìobradh, tréigsinn.
Abdico, -are, *v. a.* Dìobair, tréig.
Abdico, -ere, *v. a.* Diùlt.
Abditum, *s.* Cùil, folachan.
Abditus, *part. adj.* Dìomhair, uaigneach, ceilte.
Abdo, -ere, *v. a.* Ceil, folaich; *e loco:* atharraich.
Abdomen, *s.* Brù.
Abduco, -ere, *v. a.* Thoir o, thoir air falbh, spìon o.
Abeo, -ire, Falbh, caochail.
Aberratio, *s.* Seacharan, ànradh.
Abjectus, *adj.* Marbhanta; *vilis:* tàir, tàireil, dìblidh.
Abies, *s.* Giubhas; *assera:* clàr, déile.
Abigo, -ere, *v. a.* Fuadaich, fògair.
Abitio, } *s.* Falbh, triall, imeachd.
Abitus, }
Abjuro, -are, *v. a.* Àicheidh, diùlt.
Ablego, -are, *v. a.* Fògair, saodaich.
Abloco, -are, *v. a.* Suidhich.
Abnepos, *s.* Dubh-ogha.
Abnormis, *adj.* Mi-riaghailteach, neònach.
Abnuo, -ere, *v. a.* Diùlt, àicheidh; *impedi:* bac, grab.
Aboleo, -ere, *v. a.* Dìthich, sgrios, mill.
Abolesco, -ere, *v. n.* Searg, meith, crìon, seac.
Abolitus, *part.* Sean, aosda, aibhisteach.
Abominatus, *part.* Sgreataidh, daochail, déistinneach.
Abominor, -ari, *v. pass. denom.* Sgreataich, criothnaich.
Abortio, *s.* Breith anabuich, torrachas anabuich.
Abortivus, *adj.* Luatharach, anabuich.
Abortus, *s.* Vide Abortio.
Abrogatio, *s.* Cur as, cur air cùl, dìtheachadh.
Abrogo, -are, *v. a.* Cuir as, cuir air cùl, dìthich.
Abruptum, *s.* Uchdach, bruthach, creag.
Abscedo, -ere, *v. n.* Vide Abs, et Cedo.
Absconditus, *part.* Ceilte, folaichte, dìomhair, uaigneach.
Absens, *adj.* Neo-làthaireach, neo-dhearcach, midhearcach.
Absentia, *s.* Neo-làthaireachd, neo-dhearcachd.
Absolvo, *v. a.* Fuasgail, saor, fìreanaich; *operam:* crìochnaich, coimhlion; *vitam:* sgrios, mill, dìthich.
Absolutio, *s.* Fuasgladh, saoradh, fìreanachadh.
Absolutus, *part.* Saorta, fuasgailte, fìreanaichte; *opus:* coimhlionta.
Absonus, *adj.* Neo-fhonnmhor, ràsanach, neo-bhinn, neo-chubhaidh.
Absorbeo, -ere, *v. a.* Sluig, sùgh, deoghail, tum, bàth.
Absque, *prep.* As eugmhais, a dh' easbhuidh, ach air son.
Abstemius, *adj.* Measarra, stuama, neo-òlmhor.
Abstergeo, } -ere, *v. a.* Sguab, glan air falbh.
Abstergo, }
Absterreo, *v. a.* Vide Abs et Terreo.
Abstinens, *adj.* Stuama, measarra.
Abstineo, -ere, *v. a.* Cum o, gleidh o.
Abstrudo, -ere, *v. a.* Folaich, ceil; *tristitiam:* fògair, fuadaich.
Absum, -esse, *v. n.* Bi as an làthair, bi as eugmhais, bi uaireasbhuidheach.
Absumo, -ere, *v. a.* Mill, dìthich, caith, dean anacaitheamh.
Absumptus, *part.* Millte, dìthichte, caithte.
Absurdus, *adj.* Ràsanach, gòrach, eu-céillidh, baoth, amaideach.
Abundans, *part.* Pailt, saoibhir, làn, mòr, iomadaidh.
Abundo, -are, *v. n.* Bi pailt, bi saoibhir, bi làn.
Abutor, -ti, *v. dep.* Mi-bhuilich, mi-chàirich.
Ac, *conj.* Agus, is, 's.

Accedo, -ere, *v. n.* Thig am fagus, tarruing am fagus, thig a bhos, thig gu.
Acceleratio, *s.* Cabhag, luathas.
Accelero, -are, *v. a.* Cabhagaich, luatharaich.
Accendo, -ere, *v. a.* Fadaidh, fad, tog, brosnuich.
Accenseo, -ere, *v.* Cuir ri, àireamh.
Acceptio, *s.* Gabhail, tabhairt, luasachadh, gabhail ri.
Accepto, -are, *v. a.* Gabh, gabh ri; *jugum:* géill do, strìochd do.
Acceptus, *adj.* Gràdhaichte, ionmhuinn, gràdhach.
Accersio, Accerso, -ire, *v. a.* Cuir air son, gairm.
Aceessio, *s.* Cuir ri, meudachadh, leasachadh.
Accessus, *s.* Cead, teachd am fagus, slighe; *quantitatis:* leasachadh.
Accido, -ere, *v. n.* Thig am fagus, teann a bhos; *ad urbem:* dlùthaich ri, dlùthaich air; *tibi:* tachair, tuit do.
Accido, -ere, *v. a.* Lagaich, claoidh.
Accinctus, *part.* Uidheamaichte, armaichte, gleusta.
Accingo, -ere, *v. a.* Uidheamaich, armaich, gleus.
Accipio, -ere, *v. a.* Gabh, glac; *rem:* gabh fo 's làimh; *doctrinam:* ionnsuich, foghluim; *aquam:* deoghail, sùgh; *sensum:* tuig, breithnich; *mandatum:* géill, strìochd.
Accipiter, *s.* Seabhag, speireag.
Accisus, *part.* Geàrrta, giorraichte, beagaichte.
Acclamatio, *s.* Glaodh, glaodhaich, éighe.
Acclamo, -are, *v.* Glaodh, éigh.
Acclinis, *adj.* Crom, aomta, lùbta.
Acclino, -are, *v. n.* Aom, crom, lùb.
Acclivis, *adj.* Cas, deacair, bruthachail.
Acclivitas, *s.* Caise, deacaireachd.
Accola, *s.* Nàbuidh, coimhearsnach.
Accomodans, *part.* Coingheallach, fosgarra, furasda, freagarrach.
Accomodatio, *s.* Freagarrachd, fosgarrachd, fuarasdachd, freagairt.
Accommodatus, *part.* Uidheamaichte, freagarrach, gleusda, iomchuidh.
Accommodo, -are, *v. a.* Càirich, càraich; *te rei cuivis:* freagair, co-fhreagair; *pecunias:* thoir iasad, dean coingheall ri.
Accommodus, *adj.* Freagarrach, iomchuidh, sofhreagairt.
Accubans, *part.* Sìnte, a' luidhe, a' suidhe.
Accubatio, *s.* Sìneadh, luidhe, suidhe.
Accubo, -are, *v. n.* Sìn thu féin, luidh, suidh.
Accumbo, -ere, *v. n.* Vide Accubo.
Accumulatio, *s.* Cruinneachadh, càrnadh, torradh, cruachadh.
Accumulo, -are, *v. a.* Cruinnich, càrn, tòrr, cruach.
Accuratus, *adj.* Diongmhalta, eagarra, poncail, cùramach.
Accuratio, *s.* Diongmhaltachd, eagarrachd, poncalachd, cùram.
Accusatio, *s.* Casaid, gearan, cùis-chasaid.
Accusator, *s.* Casaidiche, fear-casaid, fear-tagraidh.
Accusatorius, *adj.* Casaideach, cronachail, tagaireach.
Accuso, -are, *v. a.* Casaid, dean casaid, tagair an aghaidh, cuir as leth; *in re aliqua:* cronaich, achmhasanaich, coirich.
Acer, *adj.* Geur; *vir:* fearail, duineil, calma, treun.
Acerbitas, *s.* Géire, geurachd; *e dolore:* cruas, àmhghar, goirteas.
Acerbo, -are, *v. a.* An-tromaich, meudaich.
Acerbus, *adj.* Geur, goirt, an-abuich; *animus:* muladach, trom; *molestiâ:* deacair, reasgach, dranndanach, cànranach; *sonitu:* ràsanach, neobhinn, neo-cheòlmhor.
Acervalis, *adj.* Tomudach, cruachach, mòr, cruinnichte.
Acervatio, *s.* Vide Accumulatio.
Acervo, -are, *v. a.* Vide Accumulo.
Acervus, *s.* Dùn, meall, cruach, tòrr.
Acetabulum, *s.* Mias, clàr, cuach, cuachag.
Acetum, *s.* Fìon geur.
Acidus, *adj.* Goirt, geur, searbh.
Acies, *s.* Rinn, roinn, bior, faobhar; *oculi:* rosg, fradharc; *ad prœlium:* buidheann, feachd; *prœlii:* cath; *mentis:* géire, tuigse, tùir.
Acinaces, *s.* Claidheamh.
Acinus, *s.* Clach mheasa.
Aconitum, *s.* Fuath-a-mhadaidh.
Acor, *s.* Géire, geurachd.
Acquiesco, -ere, *v. n.* Bi aig fois, bi toilichte; *alicujus sententiœ:* géill, thoir géill do, aontaich.
Acquiro, -ere, *v. a.* Coisinn, faigh, buannaich, thoir a mach.
Acredula, *s.* Spìdeag.
Acrimonia, *s.* Géire, goirteachd; *mentis:* déine, braise, beothalachd.
Acta, *s.* Ach, mol, cladach, tràigh.
Acta, -orum, *s.* Gnìomhara, achdan.
Actio, *s.* Guìomh, gnìomhachadh; *causœ:* tagradh, casaid; *oratoris:* gleus-labhairt.
Actor, *s.* Gnìomhaiche, oibriche; *a lege:* maor; *causœ:* fear-tagraidh.
Actuarium, *s.* Sgoth, geòla, bàta.
Actuarius, *adj.* Gleusda, luath, lùth-chleasach.
Actuarius, *s.* Sgrìobhadair, cléireach.
Actuosus, *adj.* Gnìomchach, dèanadach, dripeil.
Actus, *part.* Dèanta, gnìomhaichte, coimhlionta.
Actus, *s.* Gnìomh, ceum, àird, cùis, tagradh.
Aculeatus, *adj.* Dealgach, colgach, biorach, rinneach.
Aculeus, *s.* Dealg, colg, gath, bior, rinn.
Acumen, *s.* Rinn, bior, faobhar, géire, geurachd; *mentis:* geur-thuigseachd, tùir.
Acuminatus, *adj.* Geur, biorach, rinneach, faobharach.
Acuo, -ere, *v. a.* Geuraich, rinnich, lìomh.
Acus, -eris, *s,* Moll.
Acus, -us, *s.* Snàthad.
Acutus, *adj.* Geuraichte, rinnichte; *ingenio:* geur, tùrail, eagnaidh, tuigseach; *sonitu:* geur, geurfhuaimneach, beur; *œstu:* bruichidh, loisgeach.
Ad, *prep.* Gu, do ionnsuidh, a dh'ionnsuìdh, chum,

chun; *propter:* air sgàth, air son; *prope:* fagus air, am fagus do; *præter:* a thuilleadh air.

Adactio, *s.* Éigin, co-éigneachadh, ainneart.

Adæquo, -are, *v. a.* Dean co-ionann, co-ionannaich.

Adæstuo, -are, *v. n.* Sruth thairis, goil thairis.

Adaptatus, *part.* Uidheamaichte, gleusta.

Adauctus, *part.* Meudaichte.

Adaugeo, -ere, *v. a.* Meudaich, leasaich, cuir ri, cuir am meud.

Addenso, -are, *v. a.* Tiughaich.

Addico, -ere, *v. a.* Aontaich, aontaich le; *vendendi modo:* reic; *in servitutem:* thoir thairis, thoir an daorsa; *quasi domum:* suidhich; *reum:* dìt.

Additamentum, *s.* Leasachadh, meudachadh.

Addo, -ere, *v. a.* Cuir ri, meudaich, leasaich.

Adduco, -ere, *v. a.* Treòraich, thoir gu, stiùir; *in sententiam suam:* cuir impidh air, coisinn; *res in utrasque:* tarruing, co-tharruing; *rugas:* sream, preas, co-chrup.

Ademptus, *part.* Caillte, tarruingte air falbh.

Adeo, *adv.* Gu, gu ruig a sin, uiread agus, air chor gu, air chor agus.

Adeo, -ire, *v. n.* Rach gu, dean suas ri, thig gu, thig a dh'ionnsuidh; *verbis:* labhair ri, fàiltich; *periculum:* fulaing, rach an coinneamh; *quasi ad sidera:* éirich, ruig; *rem suscipiendo:* oidhirpich, gabh fo 's làimh; *prælium:* buail.

Adeptio, *s.* Cosnadh, buannachd, buidhinn.

Adeptus, *part.* Faighte, buannaichte, coisinnte.

Adhæreo, -ere, *v. a.* Lean ri.

Adhæsio, *s.* Leantuinn ri, dlùthaichadh.

Adhibeo, -ere, *v. a.* Gairm, gairm air, cuir air son: *auxilium:* cuidich; *cibum vel potum:* thoir, cuir sìos; *res in usum aliquem:* builich, cuir am feum.

Adhortatio, *s.* Comhairle, earail, impidh, comhairleachadh.

Adhortator, *s.* Comhairliche, fear-comhairleachaidh.

Adhortor, -ari, *v. dep.* Comhairlich, earalaich.

Adhuc, *adv.* Gu so, gu ruig so, roimhe so.

Adjectio, } *s.* Leasachadh, meudachadh.
Adjectus, }

Adjectus, *part.* Leasaichte, meudaichte.

Adigo, -ere, *v. a.* Iomain, thoir gu, thoir air.

Adimo, -ere, *v. a.* Thoir o, thoir air falbh; *a letho:* saor; *aditum:* cum o, cum air falbh.

Adipatum, *s.* Saill, ròic, sògh.

Adipiscor, -i, *v. comm.* Faigh, coisinn, buannaich; *senectutem:* ruig, ruig air, thig gu, beir air.

Aditus, *s.* Slighe, rathad, fosgladh, dòigh, seòl, modh.

Adjudico, -are, *v. a.* Thoir breth, thoir binn; *rem alicui:* cuir as leth; *rem tecum:* sònruich, rùnaich.

Adjumentum, *s.* Cuideachadh, cobhar, còmhnadh, furtachd.

Adjunctio, *s.* Ceangal, co-cheangal, leasachadh.

Adjunctor, *s.* Ceangaltaiche, fear-ceangail.

Adjunctus, *part.* Ceangailte, co-cheangailte, dlùthaichte, dlùth.

Adjungo, -ere, *v. a.* Ceangail, co-cheangail, co-aonaich, tàth, co-thàth; *se ad aliquem:* rach an comunn, dlùthaich ri; *se ad rem:* luidh air, thoir thu féin do; *animos ad alicujus usus:* tàlaidh, brosnuich; *alium alii in amicitia:* réitich, dean réidh ri; *dignitatem alicui:* tog, àrdaich; *socium sibi:* gabh; *jugum:* cuingich, beartaich; *vitem palis:* sàth, ceangail.

Adjuro, -are, *v. a.* Mionnaich, cuir air mhionnaibh.

Adjutabilis, } *adj.* Cuideachail, còmhnachail.
Adjutans, }

Adjuto, -are, *v. a.* Cuidich, cobhair, dean còmhnadh ri, furtaich air.

Adjutor, *s.* Fear-cuideachaidh, fear-còmhnaidh, fear-cobhrach.

Adjutorium, *n.* Cuideachadh, cobhair, còmhnadh.

Adjutus, *part.* Cuidichte, furtaichte.

Adjuvo, -are, *v. a.* Cuidich, dean taobh ri, taic.

Adminiculum, *s.* Cùl-taic, taic, prop, còmhnadh.

Administer, *s.* Seirbhiseach, fear-frithealaidh, fear-cobhrach.

Administratio, *s.* Stiùradh, riaghladh, buileachadh, steòrnadh.

Administrator, *s.* Stiùireadair, fear-riaghlaidh, ceann-iùil.

Administro, -are, *v. a.* Stiùir, steòrn, builich, riaghail.

Admirabilis, *adj.* Iongantach, neònach, mìorbhuileach.

Admiratio, *s.* Iongantas, neònachas, moladh, ioghnadh.

Admiror, -ari, *v. dep.* Gabh ioghnadh ri, cuir meas air, mol.

Admisceo, *v. a.* Coimisgich, co-mheasgaich.

Admissarius equus, *s.* Stallan, greigh-each.

Admissio, *s.* Leigeil a stigh, cead, ceadachadh, luasachadh.

Admissum, *s.* Ciont, coire.

Admistio, *s.* Coimeasgadh, co-mheasgachadh.

Admissus, *part.* Ceadaichte, luasaichte; *facinus:* dèanta, ciontaichte; *equus:* luath, fuidh làn shiubhal.

Admitto, -ere, *v. a.* Leig le, ceadaich, luasaich; *facinus:* dèan, gnìomhaich, ciontaich; *equum:* steudaich; *consilium auribus:* éisd, éisd ri, aontaich le.

Admodum, *adv.* Glé, ro, mòr; *responsûs modo:* seadh, tha, 's e; *tempus adhibens:* gu so, fathast.

Admoneo, -ere, *v. a.* Comhairlich, earalaich, thoir rabhadh do.

Admonitio, *s.* Vide Monitio.

Admonitor, *s.* Vide Monitor.

Adoleo, *v. a.* Fàs, cinn, cinnich; *penates:* dean aoradh, ìobair do; *ignes:* loisg.

Adolescens, *s. m.* et *f.* Òganach, òg-fhear, òg-bhean, fleasgach, caileag, pàisde.

Adolescentia, *s.* Òige, òg-aois, ùr-fhàs.

Adolesco, -ere, *v. n.* Fàs, cinn, cinnich.

Adoptio, *s.* Uchd-mhacachadh, uchd-mhacachd.

Adoptivus, *adj.* Uchd-mhacach, uchd-mhacail.

Adopto, -are, *v. a.* Uchd-mhacaich, gabh, sloinn ort féin, gabh ri.

Adorandus, *part.* Ion-mholta, ion-mholaidh, ion-aoraidh.
Adoratus, *part.* Molta, àrd-mholta.
Pacificans, *part.* Sìtheachail, sìth-dhèanadach.
Pacificatio, *s.* Sìtheachadh, sìth-dheanamh, réite.
Pacificator, *s.* Fear-sìthe, fear-sìtheachaidh.
Pacificatorius, *adj.* Vide Pacifer.
Pacificatus, *part.* Sìthichte, réitichte.
Pacifico, -are, *v. a.* Sìthich, réitich, dean réidh.
Pacificus, *adj.* Sìtheach, sìtheachail, sìothchail.
Paciscor, -i, *v. dep.* Cùmhnantaich, réitich, còrd, dean malairt.
Paco, -are, *v. a.* Ceannsaich, cìosnaich, callaich, dean réidh ri.
Pactilis, *adj.* Fighte, dualaichte.
Pactio, *s.* Cùmhnant, còrdadh, réiteach, *jurejurando:* mionnan, gealladh, gealltanas.
Pactor, *s.* Cùmhnantaiche, fear-còrdaidh.
Pactum, *s.* Vide Pactio.
Pactus, *part.* Cùmhnantaichte, réitichte.
Paedagogus, *s.* Gille-frithealaidh, seirbhiseach, oidemunaidh, fear-teagaisg.
Paedor, *s.* Salachar, trustaireachd, drabastachd.
Paetulus, **Paetus**, *adj.* Siar-shuileach.
Paganicus, **Paganus**, *adj.* Dùthchail, cumanta.
Paganus, *s.* Fear-dùthcha.
Pagella, *s.* Duilleag.
Pagina, *s.* Taobh duilleig, leabhar.
Pagus, *s.* Baile beag, frith-bhaile, baile-dùthcha, clachan.
Pala, *s.* Spaid, guit.
Palaestra, *s.* Ionad-còmhraig, ionad-gleachdaidh, ionad-deasboireachd; cliseachd, teòmachd.
Palaestrita, *s.* Gleachdadair, gleachdair, fear-gleachdaidh.
Palam, *adv.* Gu folluiseach, gu soilleir.
Palans, *part.* Seachranach, ànrach, briste, sgapta.
Palatium, *s.* Lùchairt, tigh rìoghail, mùr.
Palatus, *part.* Air seacharan, sgapta, fògairte.
Palea, *s.* Moll, fotus, còrlach.
Palear, *s.* Sprogaill.
Paleatus, *adj.* Làn moill, fotusach, còrlachail.
Palla, *s.* Falluinn, eudach uachdair.
Palleo, *v. n.* Bi glas-neulach, fàs glas-neulach, bi fuidh eagal, no, iomaguin.
Pallesco, -ere, *v. incept.* Vide Palleo.
Pallidus, *adj.* Glas-neulach, bànaidh, aognaidh, uaine.
Pallium, *s.* Falluinn, cleòca, eudach uachdair.
Pallor, *s.* Glais-neulachd, bànachd, aognaidheachd, uaineachd.
Palma, *s.* Bas, bois; *victoris:* coron buadha; *victoria:* buaidh, uachdranachd, àirde; *remi:* liadh.
Palmarius, *adj.* Buadhach, òirdheirc, a 's feàrr.
Palmes, *s.* Geug-fhìona, geug-phailme.
Palmeus, *adj.* Pailmeach.
Palmipes, *adj.* Clàr-chasach.
Palmor, -ari, *v. dep.* Cniadaich, tataidh, breug, sìthich.
Palmosus, *adj.* Pailmeach.
Palmula, *s.* Meas-pailme; *remi:* liadh.
Palmus, *s.* Réis, leud-boise.
Palor, -ari, *v. dep.* Rach air seacharan, rach mearachd, bi aimhreidh.
Palpatio, *s.* Slìobadh, cniadach, sìtheachadh.
Palpator, *s.* Miodalaiche, sodalaiche, fear brosguil.
Palpebra, *s.* Fabhradh, rosg, fabhraidh.
Palpitatio, **Palpitatus**, *s.* Plosgartaich, plosgadh, bualadh.
Palpito, -are, *v. n.* Plosg, buail.
Palpo, -are, *v. a.* **Palpor**, -ari, *v. dep.* Cniadaich, tataidh, breug, sìthich.
Palpo, *s.* Vide Palpator.
Paludosus, *adj.* Bog, fliuch, fèitheach, mòinteach, mòinteachail.
Palumbes, **Palumbus**, *s.* Smùdan.
Palus, *s.* Lòn, boglach, fèith, càthar, mòinteach.
Palus, *s.* Tarrann, dealg, post.
Paluster, *adj.* Vide Paludosus.
Panacea, **Panaces**, *s.* Uil'-ic.
Panarium, *s.* Sgùlan, mùrlag, curran.
Pando, -ere, *v. a.* Sgaoil, fosgail, foillsich, aithris, innis.
Pando, -are, *v. a.* Crom, lùb, lùb a stigh.
Pandus, *adj.* Cromta, lùbta.
Panegyricus, Moltach, cliùthachail, moltachail, cliù-thabhairteach.
Panegyris, *s.* Moladh, dàn-molaidh.
Pango, -ere, *v. n.* Sàth, fastaidh, buail, suidhich, cùmhnantaich, geall.
Paniceus, *adj.* Aranach.

PANICULA, *s.* Clòimh-chuilce, craobh-fhras, cluigeinean.
PANIFEX, *adj.* Aranach.
PANIFICIUM, *s.* Fuine.
PANIS, *s.* Aran, builionn.
PANNICULUS, *s.* Luideag, clùdag, broineag, bàrlag.
PANNICULOSUS, PANNUCEUS, } *adj.* Luideagach, broineagach, bàrlagach.
PANNUS, *s.* Eudach, aodach.
PANTEX, *s.* Maodal, brù, greallach.
PANTICINOR, -ARI, *v. dep.* Lìon brù, sàsaich.
PANTOMIMICUS, *adj.* Lùth-chleasach, baoth-chleasach.
PANTOMIMUS, *s.* Lùth-chleasaiche, baoth-chleasaiche.
PAPAE, *interj.* Faire faire!
PAPAVER, *s.* Crom-lus, lus-a'-chodail.
PAPILIO, *s.* Dealan dé, dearbadan-dé, teine-dé, eunan-dé.
PAPILLA, *s.* Sine, ceann-cìche, cìoch.
PAPPUS, *s.* Seanair, sean-duine, *cardui:* clòimh-chluaran, clòimh.
PAPULA, *s.* Guirean cnàimhteach.
PAR, *adj.* Ionnan, co-ionnann; murrach, comasach, foghainteach.
PAR, *s.* Dithis, càraid.
PARABILIS, *adj.* So-fhaghail, so-fhaotainn, saor, suarach.
PARALLELUS, *adj.* Co-shìnte, co-shìnteach, caspanach.
PARALYSIS, *s.* Pairilis, crith-ghalar, tinneas critheanach.
PARARIUS, *s.* Fear-solair, no, malairt airgid.
PARASITICUS, *s.* Miodalach, sodalach, brosgulach.
PARASITOR, *s.* Dean miodail, dean sodal, dean brosgul.
PARASITUS, *s.* Miodalaiche, sodalaiche, fear-brosguil.
PARATUM, *s.* Uidheam, goireas.
PARATUS, *s.* Uidheam, uidheamachadh, goireas, àirneis; *vestium:* éididh, culaidh; *quasi principis:* greadhnachas, mòr-ghrinneas.
PARATUS, *part.* et *adj.* Ulluichte, uidheamaichte, deas, deasaichte, ullamh, faighte, coisinnte; dàna, curanta, cruadalach.
PARCIPROMUS, *s.* Spìocair, daormann.
PARCITAS, *s.* Gainne, gainnead.
PARCO, -ERE, *v. a.* Caomhain, gléidh, cuir mu seach; *alicui reo:* logh, maith; *stimulis:* leig le, fàg, sguir dheth.
PARCUS, *adj.* Caomhantach, gann, spìocach, cruaidh.
PARENS, *s.* Athair, no, màthair, gintear; fear-deanaimh, dealbhadair, cumadair.
PARENTALIS, *adj.* Athaircil, no, màthaireil.
PARENTO, -ARE, *v. a.* Thoir aicheamhal, dean dìoladh air.
PAREO, -ERE, *v. n.* Taisbean, seall, bi soilleir; *mandatis:* thoir géill do, strìochd do, thoir umhlachd do, aontaich le; *dicto:* comh-gheall, coimhlion.
PARICIDA, *s.* Mortair athar, no, màthar.
PARRICIDALIS, *adj.* Mortach, mortail.
PARRICIDIUM, *s.* Athar-mhort, no, màthar-mhort, mortadh.
PARIES, *s.* Balla.

PARIETINA, *s.* Aibhist.
PARILIS, *adj.* Co-ionnan, co-fhreagarrach.
PARIO, -ERE, *v. a.* Gin, faigh; *de femina:* beir; *de avibus:* beir; *rem quamvis:* dealbh, dèan, tàrmaich.
PARMA, *s.* Sgiath chruinn.
PARO, -ARE, *v. a.* Dean, dealbh, cum, tionnsgain, ulluich, uidheamaich, faigh, oidhirpich, rùnaich.
PARONYCHIA, PARONYCHIUM, } *s.* Ana-bhiorach.
PAROPSIS, *s.* Mias.
PARRICIDA, *s.* Vide Paricida.
PARS, *s.* Earrann, roinn, mìr, bloigh, cuid, cuibhrionn, leth, taobh.
PARSIMONIA, *s.* Caomhantachd, cruas, spìocaireachd.
PARTICEPS, *adj.* Compàirtiche, còmhlan, companach, caraid.
PARTICIPO, -ARE, *v. a.* Gabh, gabh roinn, compàirtich, co-bhuilich.
PARTICULA, *s.* Mion-fhocal, earran bheag, dad, càileigin.
PARTIO, -IRE, *v. a.* Roinn, roinn-phàirtich, cuir crìochan ri.
PARTIO, *s.* Beirsinn, breith.
PARTITIO, *s.* Roinn, earranachadh.
PARTITUS, *part.* Roinnte, compàirtichte.
PARTURIO, -IRE, *v. a.* Beir, bi ri saothar chloinne.
PARTUS, *part.* Ginte, faighte; coisinnte; ulluichte.
PARTUS, *s.* Breith, beirsinn, aisead; *in utero:* torrachas, leth-trom; *quod partitur:* sliochd, urra, àl; *fructuum:* toradh; *mentis:* barail, beachd, smuain.
PARVITAS, *s.* Lughad, bige, beagachd.
PARUM, *adv.* Beagan, ach beag, bochd, gu bochd.
PARUMPER, *adv.* Car ùine, car tiota.
PARVULUS, *adj.* Mion, meanbh, maoth.
PARVULUS, *s.* Beag, meanbh, crion; *ætate:* òg; *tempore:* aithghearr, goirid; *pretio:* suarach, saor; *statu:* ìosal, bochd, tàir; *viribus:* lag, anfhann.
PASCO, -ERE, PASCOR, -I, } *v. a.* et *n.* Biadh, thoir biadh do, feuraich, ionaltair, àraich; *liberos:* tog.
PASCUUM, *s.* Ionaltradh, innis, feur, feurach
PASCUUS, *adj.* Ionaltrach, biadhchar.
PASSER, *s.* Gealbhan.
PASSIM, *adv.* 'S gach àit, 's na h-uile àit, uile thairis, sìos is suas, gu sgapta, 's gach àird, as gach àird.
PASSUS, *s.* Sìnteag, ceum, tomhas chùig troidhean.
PASTINACA, *s.* Curran, culair.
PASTINATOR, *s.* Treabhaiche, ruamhraiche, fear-caibe.
PASTINO, -ARE, *v. a.* Treabh, ruamhair, uidheamaich fonn, gréidh.
PASTIO, *s.* Ionaltradh, àrach, buachailleachd, aodhaireachd.
PASTOR, *s.* Àodhair, buachaill, àireach.
PASTORALIS, *adj.* Aodhaireach, aodhaireil, buachailleach.
PASTORITIUS, PASTORIUS, } *adj.* Aodhaireil, dùthchail.
PASTUS, *part.* Ionaltraichte, biadhta, reamhraichte.
PASTUS. *s.* Vide Pastio.
PATALIS, *s.* Leathan-adharcach.

Patefacio, -ere, v. a. Fosgail, nochd, rùisg, foillsich, dean aithnichte.
Patefactio, s. Fosgladh, nochdadh, rùsgadh, foillseachadh.
Patefactus, *part.* Fosgailte, nochdta, rùisgte, foillsichte.
Patella, s. Mias, soitheach bìdh; *genu:* falman.
Patellarius, *adj.* Miasach.
Patens, *part.* et *adj.* Fosgailte, réidh, farsuing, mòr.
Pateo, -ere, v. n. Bi fosgailte, bi réidh, sìn a mach, luidh sìnte.
Pater, s. Athair.
Patera, s. Aghann, copan, cuach.
Paterfamilias, s. Fear an tighe, ceannard teaghlaich.
Paternus, *adj.* Athaireil, dùthchasach, dualach.
Patesco, -ere, v. n. Fosgail, bi réidh, bi soilleir.
Patibilis, *adj* So-fhulang.
Patibulatus, *adj.* Ceusta, ceusda.
Patibulum, s. Crann-ceusaidh.
Patiens, *part.* Fulangach, cruadalach, foighidneach.
Patientia, s. Fulang, foighidinn, cruadal, fulangas, fad-fhulangas.
Patina, s. Poit, aghann, miasag.
Patinariuss, s. Geòcair.
Patior, -i, v. *dep.* Fulaing, fuiling, gabh, giùlain, seas, seas ri, ceadaich, luasaich.
Patratio, s. Coimhlionadh, crìochnachadh.
Patrator, s. Dèanadair, fear-dèanaimh.
Patratus, *part.* Dèanta, coimhlionta, crìochnaichte.
Patria, s. Dùthaich, tìr, fonn.
Patricius, *adj.* Uasal.
Patricius, s. Uasal, duin' uasal, flath, duine mòr.
Patrimonium, s. Oighreachd, dùthchas, cuid-sinnsireachd.
Patrius, *adj.* Athaireil, dualach, dùthchasach.
Patro, -are, v. a. Dèan, coimhlion, crìochnaich, faigh, socraich.
Patrocinium, s. Tagradh, taic ,seasamh, cùl-taic, leisgeul.
Patrocinor, -ari, v. *dep.* Tagair, seas, taic, dìon, dean taic ri.
Patrona, s. Ban-dìonadair, bean-chuideachaidh, bean bhuileachaidh.
Patronus, s. Fear-dìona, fear-taic, fear-cùl-taic, fear-comaraidh, fear-cuideachaidh, fear-tagraidh, adhna.
Patruelis, s. Mac bràthar athar, no, mac-piuthar athar; nighean peathar-athar, no, mac-bràthar-athar.
Patruus, s. Bràthair athar.
Patulus, *adj.* Fosgailte, réidh, farsuing, leathan, sgaoilte.
Pauci, *adj.* Beagan, cuid, tearc, gann, beag, ainneamh.
Pauciloquium, s. Gainne bhriathar.
Paucitas, s. Tearcachd, tearcad, gainne, ainneamhachd, aithghearrachd.
Pavefactus, *part.* Fuidh ìoghnadh, eagalaichte.
Pavens, *part.* Eagalach, oilltichte.
Paveo, Pavesco, -ere v. a. Gabh eagal, bi fuidh eagal, oilltich, gabh gràin.
Pavidus, *adj.* Oilltichte, eagalach, fuidh eagal.

Pavimentum, s. Urlar, urlar clòiche, clòch-rathad, cabhsair.
Pavio, -ire, v. a. Buail, dinn, sàth, dean daingean.
Pavitans, *part.* Air chrith, air bhall-chrith.
Pavito, -are, v. *freq.* Bi air bhall-chrith.
Paulatim, *adv.* A chuid 's a chuid, le beagan is beagan.
Paulisper, *adv.* Car tamuil, rè tamuil.
Paulo, *adv.* Beagan; *paulo mox:* an ceart uair, air, ball; *paulo minus:* aig làimh.
Paululus, *adj.* Meanbh, mion, crìon.
Paulum, *adv.* Beagan, beag.
Paulus, *adj.* Crìon, meanbh.
Pavo, s. Peubh-choileach, coileach-feucaig.
Pavonaceus, Pavoninus, *adj.* Feucagach, eucagach.
Pavor, s. Oillt, ogluidheachd, geilt, eagal, fiamh.
Pauper, *adj.* Bochd, aimbeartach, uireasbhuidheach.
Pauperies, s. Bochduinn, aimbeart, uireasbhuidh.
Paupero, -are, v. a. Dean bochd, thoir gu bochduinn.
Paupertas, s. Bochduinn, uireasbhuidh, gainne.
Pausa, s. Stad, crìoch, briseadh.
Pauso, -are, v. n. Stad, sguir.
Pauxillus, *adj.* Beag, glé òg, maoth.
Pax, s. Sìth, fois, clos, fosadh, toil-inntinn, toileachas, fèith; *erga Deum:* réite.
Paxillus, s. Tarrunn, post.
Peccans, *part.* Peacach, ciontach, coireach.
Peccatum, s. Peacadh, ciont, coire, briseadh.
Peccatus, s. Peacachadh, ciontachadh.
Pecco, -are, v. a. et n. Peacaich, ciontaich, bris lagh.
Pecorosus, *adj.* Crodhach, spréidheach.
Pecten, s. Cìr; *navis:* àlach ràmh; *soli:* ràcan; *lanæ:* càrd.
Pectitus, *part.* Cìrte, càrdta.
Pecto, -ere, v. a. Cìr, càird, gréidh, deasaich.
Pectorale, s. Uchd-éididh.
Pectoralis, *adj.* Uchdail.
Pectorosus, *adj.* Uchd-leathan, cliabh-fharsuing.
Pectus, s. Uchd, cliabh, broilleach, cridhe; *firmum:* dànachd, euchd, misneach.
Pecu, s. Buar, spréidh, treud chaorach.
Pecuaria, s. Ionaltradh, feur, feurach.
Pecuarius, *adj.* Spréidheach.
Pecuarius, s. Fear-spréidhe, àireach.
Peculator, s. Gaduiche, mèirleach comuinn.
Peculatus, s. Mèirle, gaduidheachd.
Peculiaris, *adj.* Sònruichte, àraidh.
Peculium, s. Sealbh, seilbh, toic, beartas, cuid.
Peculor, -ari, v. *dep.* Goid, dean mèirle air comunn.
Pecunia, s. Cuibhrionn, oighreachd, cuid, airgiod.
Pecuniarius, *adj.* Airgiodach.
Pecuniosus, *adj.* Beartach, saoibhir, airgiodach.
Pecus, s. Caoraich, treud chaorach, caora, buar, spréidh, ainmhidhean.
Pecus, s. Caora, beathach, ainmhidh, brùid.
Pedatim, *adv.* Troidh air throidh, cas air chas.
Pedatus, *adj.* Casach.
Pedes, *adj.* Air chòis, coise.

PEDESTER, *adj.* Air chois, coise, air tìr.
PEDETENTIM, *adv.* Ceum air cheum, cas air chas, beagan is beagan.
PEDICA, *s.* Geimheal, buarach, déigheann, cuibhreach, ribe.
PEDICULUS, *s.* Mial.
PEDES, *s. pl.* Mialan.
PEDISSEQUIA, *s.* Ban-oglach, bean-fhrithealaidh, bean-chomhaideachd.
PEDISSEQUUS, *s.* Gille-ruith, gille-coise.
PEDITATUS, *s.* Arm-coise, feachd-coise.
PEDO, -ERE, *v. a.* Leig braim.
PEDUM, *s.* Lorg-buachaille.
PEGASUS, *s.* Each iteagach.
PEJERO, -ARE, *v. a.* Thoir mionnan eithich, bris mionnan.
PEJOR, *adj.* A 's measa.
PELAGUS, *s.* Muir, fairge, doimhne, aigeann.
PELLAX, *adj.* Beulchar, brosgulach, miodalach.
PELLEX, *s.* Strìopach, coimh-leapach, ban-adhaltrannach.
PELLICATUS, *s.* Adhaltrannas.
PELLICIO, -ERE, *v. a.* Meall, tàlaidh, thor a thaobh.
PELLICULA, *s.* Plaosg, plaosgag, rùsg, fath-rusg.
PELLIO, *s.* Ceannaiche bhian, fear-reic bhian.
PELLIS, *s.* Seic, bian, seich, craicionn.
PELLITUS, *adj.* Bian-chòmhdaichte.
PELLO, -ERE, *v. a.* Fuadaich, fògair, fuagair, cuir air falbh, tilg a mach, buail; *animum:* buair, feargaich, eargnaich; *ostium:* buail, gnog; *instrumentum musicum:* seinn, tri-bhuail; *humum pedibus:* danns.
PELLUCENS, *adj.* Trid-shoilleir.
PELLUCIDITAS, *s.* Trid-shoilleireachd.
PELLUCIDUS, *adj.* Soilleir, glan, trid-shoilleir.
PELVIS, *s.* Soitheach-ionnlaid.
PENARIA, *s.* Biadh-lann, tigh-tasgaidh.
PENARIUS, *adj.* Biadhach.
PENATES, *s.* Diathan-teallaich, dachaidh, còmhnuidh.
PENDENS, *part.* et *adj.* An crochadh, crochach, tuiteamach, bagrach, aig làimh.
PENDEO, -ERE, *v. n.* Croch, croch air, croch ri, fan, fuirich, cothromaich.
PENDO, -ERE, *v. a.* Cothromaich, beachd-smuainich, cnuasaich, meas, dìol, ìoc.
PENDULUS, *adj.* Crochach, an crochadh, comh-bhogairteach.
PENÈ, *adv.* Cha mhòr nach, 's beag nach.
PENES, *prep.* Aig, an sealbh.
PENETRABILIS, *s.* So-thollta, so-thollaidh.
PENETRALE, *s.* Taobh stigh, doimhne, buillsgean, meadhon.
PENETRALIS, *adj.* Buillsgeanach, meadhonach.
PENETRALIS, *adj.* Vide Penetrabilis.
PENETRATUS, *part.* Tollta.
PENETRO, -ARE, *v. a.* Toll, sgrùd, rach troimh.
PENICILLUS, *s.* Bruis-dreachaidh, sguabag; *ad vulnus:* gath cuip.
PENINSULA, *s.* Dòirlinn, tairbeart, ceann-tìre, ròs.
PENIS, *s.* Earball, feaman, bod.
PENITUS, *adj.* Earballach, feamanach.
PENITUS, *adv.* Gu domhain, gu h-iomlan, an céin, am fad.
PENNA, *s.* It, ite, iteag, sgiath; *galeæ:* seòcan, cìrean.
PENNATUS, *adj.* Sgrathach, iteach.
PENNIGER, *adj.* Sgiathach.
PENNULA, *s.* Iteag.
PENSATIO, *s.* Dìoladh, ath-dhìoladh.
PENSATOR, *s.* Fear-cothromachaidh.
PENSILIS, *adj.* An crochadh, crochadach.
PENSIO, *s.* Ìocadh, dìoladh, màl, tuarasdal, duais.
PENSITATIO, *s.* Dìoladh, ath-dhìoladh.
PENSITATUS, *part.* Cothromaichte, smuainichte, athsmuainichte.
PENSITO, -ARE, *v. freq.* Ath-smuainich, ath-dhìol.
PENSO, -ARE, *v. a.* Cnuasaich, beachd-smuainich, sgrùd, rannsaich, meas, ath-dhìol.
PENSUM, *s.* Lòinne, ròinne; *operæ:* obair dhligheach, gnothuch.
PENSUM, *s.* Smuaineachadh, beachd-smuaineachadh, cùram, aire.
PENSUS, *part.* et *adj.* Cothromaichte; *pecunia:* ìocta, dìolta; *pondere:* cudthromach.
PENURIA, *s.* Aimbeart, uireasbhuidh, bochduinn; ainneamhachd, tearcad.
PENUS, *s.* Biadh, lòn, teachd-an-tìr.
PER, *prep.* Troimh, le, air feadh, air sgàth, eadar, air fad, thar.
PERA, *s.* Balg, poca, sac, pòca, màileid, màla, sporan.
PERACTIO, *s.* Coimhlionadh, crìochnachadh.
PERACTUS, *part.* Coimhlionta, crìochnaichte, caithte, aithriste, coisinnte, faighte.
PERAGO, -ERE, *v. a.* Coimhlion, crìochnaich, aithris, caith.
PERAGRANS, *part.* Seachranach, seabhaideach.
PERAGRATIO, *s.* Seabhaid, seacharan, iomrall.
PERAGRO, -ARE, *v. a.* Seabhaid, falbh air seabhaideachd, rach air seacharan, seachrain.
PERBIBO, -ERE, *v. a.* Sruab, sguab as, traogh.
PERCA, *s.* Creagag, muc-lochaidh.
PERCELLO, -ERE, *v. a.* Sàth seachad, cuir a thaobh, cuir seachad; *aliquem:* tilg sìos, leag, buail, spad, tor-chuir; *animum:* sàruich, léir, cràidh, pian, gon.
PERCEPTIO, *s.* Gabhail, aithneachadh, fiosrachadh, beachdachadh, beachd, sealladh, fradharc.
PERCEPTUM, *s.* Cnuasachd, fidreachadh, ath-smaoin.
PERCIEO, -ERE, *v. a.* Gairm, glaodh, buail.
PERCIPIO, -ERE, *v. a.* Gabh gu h-iomlan, làn-ghabh, lìon; tuig, aithnich, fiosraich, mothaich, gléidh.
PERCOLO, -ARE, *v. a.* Sìolaidh, fàisg, troimh-fhàisg.
PERCOLO, -ERE, *v. a.* Sgeadaich, grinnich, greadhnaich; *quasi patrem:* thoir làn urram do.
PERCONTATIO, *s.* Ceasnachadh, fidreachadh, rannsachadh.
PERCONTATOR, *s.* Fear-ceasnachaidh, fear-fidreachaidh.
PERCONTOR, -ARI, *v. dep.* Ceasnaich, fidrich, rannsaich, sgrùd.
PERCOQUO, -ERE, *v. a.* Bruich, gréidh, loisg, teasaich, blàthaich.
PERCREPO, -ERE, *v. n.* Ath-fhuaimnich.

Percunctatio, *s.* Vide Percontatio.
Percunctor, -ari, *v. dep.* Vide Percontor.
Percussio, Percussus, } *s.* Bualadh, buille, coilleag.
Percutio, -ere, *v. a.* Buail, amais, spad, slachdainn, leag, tilg sìos, marbh, mort, casgair, torchuir; *dolis:* meall; *animum:* cuir fuidh ioghnadh, oilltich, drùidh air.
Perdicium, *s.* Lus-a'-bhalla.
Perditor, *s.* Milltear, fear-millidh, di-mhilltear.
Perditus, *part.* Caillte, millte, di-mhillte, struidhte, coirpidh, mi-ghràsail, ro-aingidh.
Perdix, *s.* Cearc-thomain.
Perdo, -ere, *v. a.* Caill, caith, mill, struidh, dimhill, sgrios, truaill.
Perdomitus, *part.* Callaichte, cìosnaichte.
Perduellio, *s.* Mort, mortadh.
Perduellis, *s.* Nàmhaid, eas-caraid.
Perduro, -are, *v. n.* Mair, seas, fan, buanaich.
Peregrinatio, *s.* Siubhal, imeachd, trid-imeachd, cuairt, céin-shiubhal, céin-imeachd.
Peregrinator, *s.* Fear-cuairt, fear-turuis, fear-céinimeachd, coigreach.
Peregrinor, -ari, *v. dep.* Bi air chuairt, bi air thurus, bi air choigreachd.
Peregrinus, *adj.* Coigreach, coimheach, gallda, allmharach, céin, céin-thireach.
Peremptor, *s.* Mortair.
Peremptus, *part.* Dìthichte, caillte.
Perendie, *adv.* An iarthra, an earar.
Perenne, *adv.* Fad na bliadhna.
Perennis, *adj.* Maireannach, seasmhach, buan, buan-mhaireannach.
Perennitas, *s.* Maireannachd, seasmhachd, buanmhaireannachd.
Perenno, -are, *v. n.* Seas. buanaich, mair.
Pereo, -ire, *v. n.* Rach á sealladh, teich, tréig, bàsaich, caochail, teirig, crìoch, bi caillte, bi millte.
Perfectio, *s.* Coimhliontachd, foirfeachd, iomlanachd, diongmholtachd, coimhlionadh, dealbhadh.
Perfector, *s.* Fear-coimhlionaidh, fear-foirfeachaidh.
Perfectus, *s.* Vide Perfectio.
Perfectus, *part.* Coimhlionta, foirfe, iomlan, diongmhalta, dèanta, dealbhta.
Perfero, -ere, *v. a.* Giùlain, iomchair, fuiling, seas ri.
Perficio, -ere, *v. a.* Coimhlion, foirfich, dèan, crìochnaich.
Perfidia, *s.* Mealltaireachd, cuilbheart, cluain, slaight, slaightearachd, mi-dhìlseachd.
Perfidiosus, *adj.* Mealltach, cuilbheartach, slaighteil, mi-dhìleas.
Perfixus, *part.* Tor-chuirte, sàithte, sàthta.
Perflatus, *s.* Séideadh, troimh-shéideadh.
Perflo, -are, *v. a.* Séid, troimh-shéid.
Perforo, -are, *v. a.* Toll, troimh-tholl.
Perfossus, *part.* Cladhaichte, tochailte.
Perfrictio, *s.* Ball-chrith, fuachd-chrith.
Perfringo, -ere, *v. a.* Vide Per et Frango.
Perfuga, *s.* Fear-teichidh, fear-tréigsinn, cladhair, gealtair.
Perfugium, *s.* Fasgadh, dìdeann, dìon, tèarmunn, naomh-dhìon.
Perfundo, -ere, *v. a.* Ionnlaid, fliuch, spairt, smeur, tum.
Perfungor, -i, *v. dep.* Dèan, coimhlion, meal.
Perfusio, *s.* Ionnlad, nigheadh, tumadh.
Pergo, -ere, *v. a.* Rach, theirig, imich, siubhail, rach air aghairt, greas, lean, cum air aghairt.
Perhibeo, -ere, *v. a.* Labhair, abair, innis, aithris, gairm, meas, builich.
Periclitatio, *s.* Deuchainn, gàbhadh, cunnart.
Periclitor, -ari, *v. dep.* Bi an cunnart, bi an gàbhadh, cunnartaich, oidhirpich, feuch ri.
Periculosus, *adj.* Cunnartach, gàbhaidh, cruaidh, deuchainneach.
Periculum, *s.* Cunnart, gàbhadh, deuchainn.
Perimo, -ere, *v. a.* Thoir air falbh, thoir o, meall; *vitam:* marbh, casgair.
Perinde, *adv.* Mar, mar gu, ionann.
Periodus, *s.* Pong, carrann, cuairt.
Peristerion, *s.* Trom-bhad.
Peritia, *s.* Eòlas, aithne, teòmachd.
Peritus, *adj.* Eòlach, teòma.
Perjuriosus, *adj.* Eithich, eitheachail.
Perjuro, -are, *v. n.* Thoir mionnan eithich, bris mionnan.
Perlabor, -i, *v. dep.* Sleamhnaich, ruith thairis, sruth thairis.
Perlatus, *part.* Giùlainte, aithriste, inniste.
Perlego, -ere, *v. a.* Leugh thairis, leugh troimh, troimh-bheachdaich.
Perlicio, -ere, *v. a.* Tàlaidh, tataidh, breug, meall.
Perlimo, -are, *v. a.* Lìomh, dean lìomhaidh, dean soilleir.
Perlucens, *part.* Trid-shoilleir.
Perluceo, -ere, *v. n.* Bi trid-shoilleir, bi lìomhaidh.
Perlucidus, *adj.* Trid-shoilleir.
Perlustro, -are, *v. a.* Troimh-sgrùd, troimh-rannsaich, fidir, fidrich.
Perlutus, *part.* Ionnlaidte, nighte.
Permaneo, -ere, *v. n.* Fan, fuirich, mair, buanaich, seas.
Permano, -are, *v. n.* Sruth, sruth seachad, drùigh, drùigh air.
Permansio, *s.* Fuireach, fantuinn, mairsinn, buanachadh.
Permeo, -are, *v. n.* Troimh-imich, rach troimh, sruth thairis.
Permisceo, -ere, *v. a.* Measgaich, coimeasgaich, coimisg, cuir troimh chéile.
Permissio, *s.* Cead, luasachadh, lughaigeadh, fulang do.
Permistio, *s.* Measgadh, measgachadh, coimeasgadh, cur troimh chéile.
Permitto, -ere, *v. a.* Ceadaich, leig le, luidhig, luasaich; *tela:* tilg, caith; *equum:* greas, spor; *quasi urbem hostibus:* thoir seachad; *aliquid judicio:* leig gu breith, ceadaich.
Permotio, *s.* Buaireas, breisleach, tuairgneadh.
Permotus, *part.* Buairte, tuairgnichte, iom-luaisgte.
Permoveo, -ere, *v. a.* Buair, tuairgnich, iom-luaisg

Permutatio, *s.* Mùthadh, iomlaid, atharrachadh, malairt, co-mhalairt.
Permuto, -are, *v. a.* Mùth, iomlaid, atharraich, malairt, co-mhalairtich.
Perna, *s.* Ceathramh muic-fheoil, spàl, bloighd.
Pernicialis, *adj.* Millteach, sgriosail, bàsmhor, dìtheachail.
Pernicies, *s.* Milleadh, sgrios, dìth, dìtheachadh, bàs.
Perniciosus, *adj.* Vide Pernicialis.
Pernicitas, *s.* Luathas, luathas chas, déine, cruadal.
Pernio, *s.* Cusp, cuspach.
Pernix, *adj.* Luath, luath-chasach, dian, cruadalach.
Pero, *s.* Cuaran, bròg mhòr.
Peronis, *s.* Marag, ìsbean.
Perorans, *part.* Labhairteach, òraideach.
Peroratio, *s.* Crìoch, òraid, co-dhùnadh.
Peroratus, *part.* Crìochnaichte, co-dhùinte.
Peroro, -are, *v. a.* Crìochnaich, co-dhùin, tagair.
Perpello, -ere, *v. a.* Éignich, co-éignich, cuir impidh air.
Perperam, *adv.* Gu dàna, gu cas, gu bras.
Perpes, *adj.* Iomlan, uile, sìor, maireannach.
Perpetior, -i, *v. dep.* Fulaing, seas ri, seas fuidh, giùlain; *mandata:* géill do, thoir ùmhlachd.
Perpetro, -are, *v. a.* Dean, gnìomhaich, coimhlion, crìochnaich.
Perpetuitas, *s.* Maireannachd, buan-mhaireannachd; neo-bhàsmhorachd.
Perpetuo, -are, *v. a.* Cum suas, dean maireannach, cum air chois.
Perpetuus, *adj.* Maireannach, buan-mhaireannach; neo-bhàsmhor, sìor.
Perplexus, *adj.* Aimhreidh, do-fhuasglaidh, deacair, cruaidh, iom-cheisteach.
Perputo, -are, *v. a.* Mìnich, soilleirich, dean soilleir.
Perrumpo, -are, *v. a.* Vide Per et Rumpo.
Persecutio, *s.* Tòir, leanmhuinn, geur-leanmhuinn.
Persequor, -i, *v. dep.* Lean, dean tòireachd air, geur-lean, beir air, dìol.
Perseverantia, *s.* Buanachadh, buanachas, leanaltas.
Persevero, -are, *v. a.* Buanaich, lean, sìor-bhuanaich.
Persido, -ere, *v. n.* Rach fuidhe, luidh sìos.
Persisto, -ere, *v. n.* Fan, fuirich, seas, mair, lean, dian-lean.
Persolata, *s.* Copagach, copag.
Persolvo, -ere, *v. a.* Dìol, làn-dìol, ìoc.
Persona, *s.* Neach, urra, fear, no, tè; cidhis.
Personata, *s.* Vide Persolata.
Persono, -are, *v. n.* Vide Per et Sono.
Perspectus, *part.* et *adj.* Soilleir, glan, taisbeanta, nochdta, dearbhta.
Perspicax, *adj.* Geur, eagnaidh, geur-thuigseach, ealamh.
Perspicientia, *s.* Làn-fhios, làn-eòlas, eagnaidheachd.
Perspicuitas, *s.* Soilleireachd, so-thuigseachd.
Perspicuus, *adj.* Soilleir, so-thuigsinn, dearbhta, folluiseach.
Persto, -are, *v. n.* Seas, mair, buanaich, lean.
Persuadeo, -ere, *v. a.* Earalaich, comhairlich, cuir impidh air.
Persuasibilis, *adj.* So-chomhairleachaidh, so-earalachaidh.
Persuasio, } *s.* Comhairle, comhairleachadh, earail,
Persuasus, } earalachadh, impidh.
Pertaesus, *part.* Sgìth, gràinichte.
Pertendo, -ere, *v. a.* Vide Per et Tendo.
Perterrefacio, -ere, *v. a.* Eagalaich, oilltich, cuir eagal air.
Perterritus, *part.* Eagalaichte, oilltichte.
Pertica, *s.* Lorg, maide, maide-tomhais.
Pertinacia, *s.* Dùire, danarrachd, reasgachd, crosdachd, rag-mhuinealas, déine.
Pertinax, *adj.* Dùr, danarra, reasgach, crosda, ragmhuinealach, dian; spìocach, cruaidh.
Pertineo, -ere, *v. n.* Ruig, sìn, luidh a mach, sgaoil; *ad aliquem:* buin do.
Pertundo, -ere, *v. a.* Vide Per et Tundo.
Perturbatio, *s.* Buaireas, breisleach, tinneas, eucail.
Perturbatus, *part.* et *adj.* Buairte, breislichte, tinn, eucaileach.
Perturbo, -are, *v. a.* Buair, trioblaidich, cuir troimh chéile, aimlisgich.
Pervado, -ere, *v. n.* Vide Per et Vado.
Pervello, -ere, *v. a.* Gon, bior, buair, spor, brosnuich.
Pervenio, -ire, *v. n.* Thig gu, ruig; faigh, buannaich.
Perversus, *part.* et *adj.* Fiar, fiarta, claon, claonta, iargalt, crosda, reasgach, mi-àdhmhor, mi-shona, aimhleasach, truaillte, truaillidh.
Perverto, -ere, *v. a.* Fiar, claon, truaill, mill.
Pervicacia, *s.* Dranndan, dranndanachd, caise, corrachas, firionas, firionasachd, crosdachd.
Pervicax, *adj.* Dranndanach, cas, corrach, firionasach, crosda, dian, dùr.
Pervigil, *adj.* Vide Per et Vigil.
Pervium, *s.* Troim-rathad, slighe, réidh-shlighe, slighe fhosgailte.
Pervius, *adj.* So-imeachd, so-dhrùighidh.
Pes, *s.* Cas, cos, troidh, bun, bunchar.
Pessimus, *adj.* A 's measa, a 's miosa.
Pessundo, -are, *v. a.* Tilg sìos, saltair, ceannsaich, fàsaich.
Pestifer, *adj.* Nimheil, millteach, sgriosail, aimhleasach, gabhaltach.
Pestiferus, *adj.* Gabhaltach, marbhtach, plàigheach.
Pestilens, *adj.* Gabhaltach, plàigheil, millteach, aimhleasach, neo-fhallain.
Pestilentia, *s.* Plàigh, galar gabhaltach, gabhaltachd.
Pestis, *s.* Plàigh, nimh, aimhleas, donas, milleadh, bàs; mearan, bànaidh; *homo:* slaightear, ceannaimhleis, crochair, fear-millidh.
Petasio, *s.* Spàl, ceathramh muic-fheoil.
Petasus, *s.* Ada leathan, sgàil-ada; *domus:* mullach.
Petigo, *s.* Càrr, cloimh ruithteach

PETITIO, *s.* Iarrtas, guidhe, dùrachd, athchuinge, iarruidh.
PETITOR, *s.* Iarradair, fear-iarruidh, fear-athchuinge, fear-siridh.
PETITUM, *s.* Iarrtas, athchuinge.
PETITUS, *s.* Claonadh, aomadh, tuiteam.
PETO, -ERE, *v. a.* Iarr, sir, guidh; faigh; *bello:* buail, tuit air, thoir ruathar; *lege:* tagair.
PETRA, *s.* Creag, creagarnach.
PETRICOSUS, } *adj.* Creagach.
PETROSUS, }
PETULANS, *adj.* Ladarna, bathaiseach, beadaidh, leamh; àbhachdach, macnusach.
PETULANTIA, *s.* Ladarnas, bathaiseachd, beadaidheachd, leamhachas; àbhachd, macnus.
PEXATUS, *adj.* Nuadh-chòmhdaichte.
PHALANGA, *s.* Bata-cogaidh; geimhleag, inneal-togail.
PHALANX, *s.* Dlùth-bhuidheann airm, dlùth-fheachd.
PHALERAE, *s.* Each-ghrinneas, breaghachd, rìomhadh each.
PHALERATUS, *part.* Grinnichte, breaghaichte.
PHANATICUS, *adj.* Baoth-chreidmheach, saobh-chreidmheach.
PHANTASIA, } *s.* Mac-meamnadh, baoth-bharail,
PHANTASMA, } baoth-smuain.
PHANUM, *s.* Teampull, ionad naomh.
PHARETRA, *s.* Bolg-shaighead, dòrlach.
PHARMACAPOLA, *s.* Sgoitich, fear reic iocshlaint.
PHASELUS, *s.* Long bheag, bàrca, birlinn.
PHASIANUS, *s.* Easag.
PHASMA, *s.* Taibhse, baoth-shealladh.
PHIALA, *s.* Searrag bheag, soitheachan; cuachag.
PHILAUTIA, *s.* Féin-ghràdh.
PHILOLOGIA, *s.* Eòlas chainntean, oilean chainntean, snas-chainnt.
PHILOLOGUS, *s.* Cànainiche, deas-chainntear.
PHILOLOGUS, *adj.* Cànaineach, deas-chainnteach.
PHILOSOPHIA, *s.* Feallsanachd, teallsanachd, àrd-fhoghlum, eagnaidheachd, reusonachadh.
PHILOSOPHUS, *s.* Feallsanach, teallsanach, càileadair, duine foghluinte.
PHILYRA, *s.* Teile, crann-teile.
PHLEGMONA, *s.* Iongrachadh, ainteas.
PHOCA, *s.* Ròn.
PHOEBE, *s.* Gealach, ré.
PHOEBUS, *s.* Grian.
PHOENIX, *s.* Tearc eun, ainneamhag.
PHOSPHORUS, *s.* Reul mhaidne, maidneag.
PHRENESIS, *s.* Cuthach, boile, mearan, bànaidh.
PHTHISIS, *s.* Caitheamh, tinneas caitheimh, cnuimh, eitig, sgamh-chnuimh.
PHTHONGUS, *s.* Pong, ponc chiùil.
PHY, *interj.* Fuith, mo nàire.
PHYLARCUS, *s.* Ceann-cinnidh, ceann-tighe.
PHYSICA, *s.* Càileadaireachd, teallsanachd nàduir.
PHYSIOGNOMON, *s.* Gnùis-fhiosaiche.
PHYSIOLOGIA, *s.* Càileadaireachd.
PIABILIS, *adj.* So-dhìolaidh.
PIACULUM, *s,* Ciont, mòr-chiont, eucoir; *solvendum:* éiric, ìobairt, ìobairt-réite, leigheas.
PIAMEN, } *s.* Iobairt-réite, éiric.
PIAMENTUM, }
PICA, *s.* Pioghaid, cadhag, agaid.
PICUS, *adj.* Piceach, bìgheach, bìghearra.
PICTOR, *s.* Dreachadair, dealbhadair, fear-dreachaidh.
PICTURA, *s.* Dealbh, dealbhaireachd, dreachadh. dreachadaireachd.
PICTUS, *part.* Dealbhta, dreachta, grinnichte, snasmhor.
PIETAS, *s.* Cràbhadh, diadhachd, diadhaidheachd; *erga parentes:* dleasdanachd, ùmhlachd; *erga cognatos vel affines:* dàimh, bàigh; *erga miseros:* truas, iochd; *erga superiores:* dìlseachd, dleasdanas, ùmhlachd.
PIGEO, -ERE, *v. n.* Bi aindeonach, bi mi-thoileach, bi leasg, bi rag.
PIGER, *adj.* Leasg, leisgeanta, lunndach, dìomhanach, seamsanach, màirnealach, maidheanach.
PIGMENTUM, *s.* Dath, dreach-dhath, lì.
PIGNERATOR, *s.* Fear gheall, fear-gabhail gheall.
PIGNERO, -ARE, *v. a.* Thoir geall, thoir an geall, cuir an geall, gabh an geall.
PIGNUS, *s.* Geall, urras.
PIGRITIA, *s.* Leisg, leisgeantachd, lunndachd, seamsan, màirnealachd, maidheanachd.
PILA, *s.* Ball, ball-cluiche; dealbh.
PILA, *s.* Inneal pronnaidh; tuil-dhorus, mol, ach, being.
PILANUS, *s.* Saighdear saighde, saighdear-gatha.
PILARIS, *adj.* Peileireach.
PILARIUS, *s.* Cleasaiche.
PILATUS, *adj.* Saighdeach.
PILATUS, *part.* Beàrrta, lomairte, maol, lom.
PILEATUS, *adj.* Adach, boineideach.
PILEUS, *s.* Boineid, ada.
PILO, -ARE, *v. n.* Tiolp, goid, creach, spùinn.
PILO, -ARE, *v. a.* Rùisg, beàrr, lomair, dean lom.
PILOSUS, *adj.* Gaoisideach, ròmach, faltach, molach.
PILUM, *s.* Bruthadair, pronnadair; *militare:* saighead, guineach.
PILUS, *s.* Roimh-bhuidheann, roimh-fheachd; *militaris:* Vide Pilum.
PINASTER, *s.* Fiadh-ghiubhas.
PINEA, *s.* Giubhas, crann-giubhais.
PINETUM, *s.* Giùbhsach, coille-ghiubhais.
PINEUS, *adj.* Giubhasach, giùbhsachail.
PINGO, -ERE, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing, riochdaich, dath, grinnich.
PINGUE, *s.* Saill, bloineag.
PINGUEFACIO, -ERE, *v. a.* Reamhraich, dean reamhar.
PINGUESCO, -ERE, *v. incept.* Fàs reamhar, fàs sultmhor.
PINGUIS, *adj.* Reamhar, sultmhor, bloineagach, mèath; *ingenio:* trom, trom-cheannach, marbhanta; *terra:* torach, tarbhach; *moribus:* garbh, balachail.
PINNA, *s.* It-éisg; *avium:* ite-sgéith, ite mhòr; *galeæ:* seòcan, cìrean.
PINNATUS, *adj.* Iteach, sgiathach; biorach, geur.
PINNIGER, *adj.* Iteach.
PINNULA, *s.* Iteag, ite bheag.
PINSATIO, *s.* Bruthadh, pronnadh.
PINSITUS, *part.* Brùthta, pronnta.
PINSO, -ERE, *v. a.* Bruth, pronn.
PINSOR, *s.* Bruthadair, pronnadair.

Pinus, *s.* Giubhas, craobh-ghiubhais, crann-giubhais; *navis:* long, soitheach.
Pio, -are, *v. a.* Thoir aoradh, dean aoradh; thoir urram do, meas; *expiando:* ìobair, thoir éiric.
Piper, *s.* Peabar.
Piperatus, *adj.* Peabrach, peabarach.
Pipio, -ire, *v. n.* Bìog, dean bìogail, dean bìdeil.
Pirata, *s.* Muir-spùinneadair, muir-chreachadair.
Piraticus, *adj.* Creachach, spùinneach, reubannach.
Piscaria, *s.* Iasg-mhargadh.
Piscarius, *adj.* Iasgach, iasgaireach.
Piscator, *s.* Iasgaiche, iasgair.
Piscatorius, *adj.* Iasgaireach.
Piscatus, *s.* Iasgach, iasgaireachd.
Pisciculus, *s.* Iasgan, iasg beag.
Piscis, *s.* Iasg.
Piscor, -ari, *v. dep.* Iasgaich, dean iasgach.
Piscosus, Pisculentus, } *adj.* Iasgach.
Pistillum, *s.* Bruthadair, pronnadair.
Pistor, *s.* Fear-bruthaidh, bleitheadair; *panis:* fuinneadair.
Pistrina, Pistrinum, } *s.* Muilionn, tigh-ṁeilidh; *panis:* tigh-fuinnidh.
Pistrix, *s.* Muilionn.
Pistura, *s.* Meileadh, bleith.
Pisum, *s.* Peasar.
Pitisso, -are, *v. a.* Blais, òl.
Pituita, *s.* Sùgh uisgidh, leanntan cuirp; *nasi:* sglongaid, splangaid.
Pituitosus, *adj.* Sùghach, leanntail; *nasus:* sglongaideach, splangaideach.
Pius, *adj.* Cràbhaidh, diadhaidh; *erga parentes vel superiores:* dleasdanach, ùmhail, dìleas, daimheil; *moribus:* ceart, còir; *literis:* foghluimte, ionnsuichte.
Pix, *s.* Pic, bìgh.
Placabilis, *adj.* So-thoileachaidh, so-shìtheachaidh, ciùin, fosgarra, macanta, suairc, mìn.
Placabilitas, *s.* Ciùineachd, fosgarrachd, macantachd, suairceas, mìneachd.
Placamen, Placamentum, } *s.* Réite, réiteachadh, éiric, dìoladh.
Placatio, *s.* Réiteachadh, dìoladh, sìtheachadh.
Placatus, *part.* et *adj.* Réitichte, sìthichte, dìolta.
Placenta, *s.* Breacag, bonnach.
Placeo, -ere, *v. n.* Toilich, taitinn, taitinn ṙi.
Placiditas, *s.* Soitheamhachd, ciùineachd, màldachd, macantachd, mìneachd.
Placidus, *adj.* Soitheamh, ciùin, màlda, macanta, mìn.
Placitum, *s.* Barail, breith, achd, gnàth-fhocal.
Placo, -are, *v. a.* Thoir dìol, dìol éiric, dean réite, sìthich, foisich, ciùinich.
Plaga, *s.* Tìr, roinn tìre, earrann, dùthaich, ceàrn, àirde; *pl.* ribe, lìontan.
Plaga, *s.* Buille, leòn, gearradh; *vulneris:* làrach, ailt.
Plagae, *s.* Lìon, lìontan, ribe, eangach.
Plagiarius, *s.* Gaduiche dhaoine; *scriptorum:* méirleach sgrìobhaidh.
Plagosus, *s.* Sgiùrsadair, fear-sgiùrsaidh.
Planctus, *s.* Bualadh, slachdadh, cnapadh; *pro dolore:* caoineadh, gul, ullurtaich.
Plango, -ere, *v. a.* Buail, cnap, slachduinn, tuinnsich; *pro dolore:* caoin, guil, dean ullurtaich, ràn.
Plangor, *s.* Vide Planctus.
Planipes, *adj.* Cas-ṙuisg, cas-ṙuisgte.
Planitia, Planities, } *s.* Còmhnard, réidh, réidhlean; còmhnardachd, réidheachd.
Planta, *s.* Bonn; *arboris:* fiùran, meanglan, ùr-fhàs.
Plantago, *s.* Cuach Phàdruig.
Plantarium, *s.* Fiùran, meanglan, ùr-fhàs; lios òg-chrann, craobh-lios.
Plantatio, *s.* Suidheachadh, planndachadh.
Planus, *adj.* Réidh, còmhnard; *menti:* soilleir, so-fhaicsinn, fosgailte.
Planus, *s.* Slaightear, crochair, mèirleach.
Platea, *s.* Réidh-shlighe, rathad mòr, sràid fharsuing.
Plaudo, -ere, *v. a.* Fuaimnich, tog fuaim, dean luathghair, cliùthaich, àrd-mhol.
Plausibilis, *adj.* Sgèimheil, dathail, dàicheil.
Plausor, *s.* Fear-luathghaire, fear-cliùthachaidh.
Plaustrum, *s.* Càrn, feun, cairt.
Plausus, *s.* Bas-bhualadh, luathghair, àrd-mholadh, cliùthachadh.
Plebeius, *adj.* Cumanta, ìochdranach, balachail, bodachail.
Plebes, Plebs, } *s.* An cumanta, gràisg, pràbar.
Plecto, -ere, *v. a.* Dual, fill, toinn, figh: *plagis:* buail, cronaich, gréidh.
Pleiades, *s.* An griglean, an griglean meanmnach.
Plenilunium, *s.* Gealach làn, àirde an t-soluis.
Plenitas, *s.* Pailteas, pailteachd, làn, làine, lànachd.
Plenitudo, *s.* Làine, dòmhlachd, tiughad, tighe.
Plenus, *adj.* Làn, pailt, mòr; *carne:* sultmhor, reamhar, tiugh, dòmhail; *fœtu:* trom, leth-tromach, torrach.
Plerique, *adj.* Iomadaidh, iomadh, mòran, a' mhòr chuid.
Pleuritis, *s.* Treathaid, fiabhrus fola.
Plicatura, *s.* Dual, filleadh, dualadh.
Plico, -are, *v. a.* Dual, toinn, figh.
Plorabundus, *adj.* Caointeach, guileach, deurach.
Plorator, *s.* Fear-caoinidh, fear guil, fear-bròin, fear-caoidh.
Ploratus, *s.* Caoineadh, gul, caoidh, bròn.
Ploro, -are, *v. a.* Caoin, guil, dean caoidh, caoidh, dean bròn.
Pluma, *s.* Ite, clòimh, maoth-chlòimh.
Plumatilis, *adj.* Iteach, iteagach, clòimheach.
Plumbago, *s.* Slochd luaidhe, slochd airgid.
Plumbarius, *adj.* Luaidheach.
Plumbarius, *s.* Luaidh-oibriche.
Plumbatus, *part.* Luaidheach, làn luaidhe.
Plumbeus, *adj.* Luaidheach; *ingenio:* trom, tromcheannach, marbhanta.
Plumbosus, *adj.* Luaidheach.
Plumbum, *s.* Luaidh, luaidhe, peileir, cudthrom, cudthrom luaidhe.

PLUMESCO, -ERE, *v. incept.* Fàs iteach, fàs clòimh-each.
PLUMEUS, *adj.* Iteach, iteagach, clòimheach.
PLUMIGER, *adj.* Iteach, iteagach, clòimheach.
PLUMIPES, *adj.* Cas-iteagach.
PLUMOSUS, *adj.* Vide Plumeus.
PLUMULA, *s.* Iteag, ite bheag.
PLUO, -ERE, *v. n.* Fras, sil, dean uisge, bi 'g uisge.
PLURALIS, *s.* Iolair, tuilleadh 's a h-aon, iomadh.
PLURES, *adj.* Tuilleadh, iomadh; *defuncti:* na mairbh.
PLURIFARIUS, *adj.* Iom-ghnèitheach, iol-ghnèith-each.
PLURIMUS, *adj.* A 's mò, a 's lìonmhoire, ro mhòr, a' chuid a 's mò.
PLUS, *s.* Tuilleadh, a 's mò, a 's feàrr.
PLUTEUS, *s.* Còmhdach, sgàil, dìon, lann.
PLUVIA, *s.* Fras, uisge.
PLUVIALIS, PLUVIABILIS, PLUVIOSUS, PLUVIUS, *adj.* Uisgeach, frasach, fliuch.
PNEUMATICUS, *adj.* Gaothach, gaothmhor.
POCILLUM, *s.* Cuachag.
POCULENTUS, *adj.* So-òl.
POCULUM, *s.* Cuach, còrn; *liquoris:* deoch, balgum, drùbhag.
PODAGRA, *s.* Galar nan alt, tinneas nan alt.
PODEX, *s.* Tòn, màs.
POEMA, *s.* Dàn, duan, laoidh, bàrdachd.
POENA, *s.* Peanas, pian, cràdh, àmhghar, aimhleas, dìoladh; coire, ciont.
POENALIS, POENARIUS, *adj.* Peanasach, piantach.
POENITENS, *part.* Aithreachail, aithreach.
POENITENTIA, *s.* Aithreachas.
POENITEO, -ERE, *v. n.* Dean aithreachas, gabh aith-reachas.
POESIS, *s.* Bàrdachd.
POETA, *s.* Bàrd, aois-dàna, filidh.
POETICA, *s.* Bàrdachd, rannachd, ealain-bhàrdachd.
POETICUS, *adj.* Bàrdail, bàrdach.
POETRIA, *s.* Ban-bhàrd, ban-fhilidh.
POLENTA, *s.* Min eòrna.
POLIO, -IRE, *v. a.* Lìomh, lìomhaich, sgèimhich, grinnich, àilnich; *frumentum:* fasgain.
POLITIA, *s.* Riaghladh, baile, no, dùthcha.
POLITOR, *s.* Treabhaiche, fear-treabhaidh.
POLITURA, *s.* Lìomh, lìomhadh.
POLITUS, *part.* et *adj.* Lìomhta, lìomhaidh, grinn-ichte, àilnichte grinn.
POLLEN, *s.* Min chruithneachd, plùr, mìn-dhuslach.
POLLENS, *adj.* Cumhachdach, murrach, comasach, neartmhor, làidir.
POLLENTIA, *s.* Cumhachd, murrachas, comas, neart, treise.
POLLIO, -ERE, *v. n.* Bi murrach, bi comasach, bi làidir.
POLLEX, *s.* Òrdag, leud òrdaig.
POLLICEOR, -ERI, *v. dep.* Geall, thoir urras, tairg.
POLLICITATIO, *s.* Saor ghealladh, saor ghealltan-as.
POLLICITUM, *s.* Gealladh, gealltanas.
POLLINCIO, -IRE, *v. a.* Dean cùbhraidh, spìsrich.
POLLIS, *s.* Vide Pollen.
POLLUCEO, -ERE, *v. a.* Dean lìomhaidh, àilnich, grinnich.
POLLUCTUM, *s.* Cuirm, cuilm, fleadh.
POLLUCTUS, *part.* Coisrigte.
POLLUO, -ERE, *v. a.* Truaill, salaich, mill, bris.
POLLUTUS, *part.* et *adj.* Truaillte, salaichte, millte, truaillidh, briste.
POLUS, *s.* Mul, mul-chuairt.
POLYGONON, *s.* Glùineach dhearg.
POLYMITUS, *adj.* Gréis-oibrichte.
POLYPUS, *s.* Bloineag nan daoine marbha; *naribus:* gnè ghuirein; *homo:* fear-foireigin, fear-fòirneirt.
POLYTHRIX, *s.* Dubh-charrach.
POMARIUM, *s.* Ubhal-ghort, lios meas-chraobh, lios mheasan.
POMARIUS, *s.* Fear reic mheasan.
POMERIDIANUS, *adj.* An déigh a' mheadhoin là.
POMIFER, POMOSUS, *adj.* Ubhalach, measach, measmhor.
POMPA, *s.* Sealladh greadhnach, greadhneachas, mòr-chuis.
POMUM, *s.* Ubhal, meas, crann ùbhlan.
POMUS, *s.* Craobh mheas, meas-chrann, ubhal.
PONDERATIO, *s.* Cothromachadh.
PONDERO, -ARE, *v. a.* Cothromaich; *mente:* meas, beachdaich, thoir breith, no, barail.
PONDEROSUS, *adj.* Trom, cudthromach.
PONDO, *s.* Punnd, cudthrom.
PONDUS, *s.* Truime, cudthrom, eallach; *momentum:* luach, luachmhorachd; *morum:* bunabhas; *utero:* torrachas, leth-trom.
PONE, *prep.* An déigh, air cùl.
PONO, -ERE, *v. a.* Cuir, suidhich, leag, socruich, builich.
PONS, *s.* Drochaid.
PONTICULUS, *s.* Drochaideag.
PONTIFEX, *s.* Àrd-shagart.
PONTIFICATUS, *s.* Àrd-shagartachd.
PONTIFICIUS, *adj.* Àrd-shagartail.
PONTO, *s.* Bàt-aiseig, bàt' aimhne.
PONTUS, *s.* Muir, fairge, cuan, tabh.
POPA, *s.* Sagart casgraidh.
POPANUM, *s.* Breacag-ìobraidh.
POPELLUS, *s.* Gràisg, pràbar.
POPINA, *s.* Tigh òsda, òsd-thigh.
POPLES, *s.* Bac na h-iosgaid, glùn.
POPULABILIS, *adj.* So-fhasachaidh, so-mhillidh.
POPULARIS, *adj.* Poibleach, taitneach do 'n t-sluagh, dùthchasach, cumanta.
POPULARITAS, *s.* Sluagh-thaitneachd.
POPULATIO, *s.* Fàsachadh, spùinneadh, creachadh, milleadh.
POPULATOR, *s.* Fear-fàsachaidh, fear-millidh, millt-ear, spùinneadair.
POPULATRIX, *s.* Ban-mhilltear, ban-chreachadair.
POPULATUS, *part.* Fàsaichte, millte, creachta, spùinn-te.
POPULATUS, *s.* Fàsachadh, milleadh, dìth-làrachadh, spùinneadh.

Populo, -are, } v. a. et *dep.* Fásaich, mill, dìth-
Populor, -ari, } làraich, spùinn.
Populus, *s.* Fine, sluagh, cinneadh, pobull, muinntir, ìochdarain, coimhthional, comh-chruinneachadh.
Porca, *s.* Balc, bailc, bàn-dhruim, tomhas fearainn; *animal:* muc.
Porcarius, *adj.* Mucach, mucail.
Porcellus, *s.* Uircean.
Porcinus, *adj.* Vide Porcarius.
Porculator, *s.* Buachaille mhuc.
Porculus, *s.* Uircean.
Porcus, *s.* Muc; *mas:* torc, cullach; *caro:* muicfheoil.
Porraceus, *adj.* Uaine, gorm, glas.
Porrectio, *s.* Sìneadh, luidhe.
Porrectus, *part.* Sìnte, sìnte mach; marbh.
Porrigo, *s.* Càrr, claimh, mùr.
Porrigo, -ere, *v. a.* Sìn, sìn a mach, luidh, bi sìnte; *tempus:* dàilich, cuir dàil ann.
Porrina, *s.* Leabadh, gàradh.
Porro, *adv.* Os bàrr, a thuilleadh, tuilleadh fòs; *de situ:* fad, am fad, an céin.
Porta, *s.* Geata, port; *inter montes:* bealach, glac.
Portatio, } *s.* Giùlan, iomchar.
Portatus, }
Portendo, -ere, *v. a.* Roimh-fheuch, roimh-thaisbean, roimh-sheall.
Portentosus, *adj.* Iongantach, mìorbhuileach, eagalach.
Portentum, *s.* Iongantas, mìorbhuil, cùis-eagail, roimh-thaisbeanadh, roimh-chomharradh, cùis-uamhais.
Porticus, *s.* Sgàil-thigh.
Portio, *s.* Earrann, roinn, cuibhrionn, tomhas, cuid, meud.
Portitor, *s.* Fear-iomchair, fean-giùlain; *marinus:* fear-aiseig, portair.
Porto, -are, *v. a.* Giùlain, iomchair, thoir gu, thoir air falbh.
Portorium, *s.* Cìs-iomchair, cìs-ghiùlain, faradh, airgiod-àiseig, cìs, càin.
Portula, *s.* Geata beag, frith-gheata.
Portuosus, *adj.* Acarsaideach, portach.
Portus, *adj.* Port, acarsaid, calladh; *refugio:* àite-fasgaidh, dìon.
Posco, -ere, *v. a.* Iarr, sir, guidh, asluich.
Positio, *s.* Suidheachadh, cor, luidhe.
Positor, *s.* Fear-suidheachaidh, fear-togalach, fear-stéidheachaidh.
Positura, *s.* Vide Positio.
Positus, *part.* Suidhichte, leagta, stéidhichte; *animo:* beachdaichte, smuainichte.
Positus, *s.* Vide Positio.
Possessio, *s.* Sealbh, seilbh, còir, oighreachd, cuid, cuibhrionn.
Possessor, *s.* Sealbhadair, fear-seilbhe, fear-glacaidh.
Possessus, *part.* Sealbhaichte.
Possibilis, *adj.* So-dhèanta, comasach.
Possideo, -ere, *v. a.* Sealbhaich, gabh sealbh, faigh, meal, coisinn.
Possum, -sse, *v. n.* Bi comasach, bi murrach.

Post, *prep.* An déigh, air déigh, o.
Post, *adv.* An déigh sin, an déigh so.
Postea, *adv.* An déigh so, fathast.
Posteaquam, *adv.* An déigh sin.
Posteri, } *s.* Sliochd, clann, iarmad, gineal,
Posteritas, } linntean ri teachd.
Posterius, *adj.* Ath.
Posthac, *adv.* O so suas, o so a mach.
Posthinc, *adv.* An déigh so.
Posthumus, *adj.* An déigh bàis.
Posticulum, *s.* Cùl an tighe.
Posticum, *s.* Dorus cùil, cùl-dhorus.
Postilena, *s.* Bod-chrann, gurpan, beart-deiridh.
Postinde, *adv.* An déigh sin.
Postis, *s.* Colbh, ursainn.
Postliminium, *s.* Pilleadh, tilleadh, ath-philleadh.
Postmeridianus, *adj.* Vide Pomeridianus.
Postmodo, } *adv.* An déigh sin, an déigh so.
Postmodum, }
Postpono, -ere, *v. a.* Cuir air deireadh, cuir air dhàil, cuir seachad.
Postprincipium, *s.* Dol air aghart, mairseannachd.
Postquam, *adv.* An déigh sin, o.
Postremo, } *adv.* Mu dheireadh.
Postremum, }
Postremus, *adj.* Deireannach, a 's measa, a 's tàire.
Postridie, *adv.* Am màireach, an là 'r na mhàireach.
Postulatio, *s.* Iarruidh, iarrtas, guidhe, athchuinge, tagradh.
Postulatorius, *adj.* Éiriceach, réiteachail.
Postulatum, } *s.* Vide Postulatio.
Postulatus, }
Postulo, -are, *v. a.* Iarr, guidh, sir, asluich, athchuingich, tagair, coisich.
Postumus, *adj.* Deireannach.
Potans, *part.* Òlmhor.
Potatio, *s.* Òl, pòitearachd.
Potator, *s.* Pòitear.
Potens, *part.* et *adj.* Comasach, murrach, cumhachdach, neartmhor.
Potentatus, *s.* Ùghdarras, smachd, cumhachd, uachdranachd.
Potentia, *s.* Cumhachd, ùghdarras, murrachas, comas, neart, éifeachd.
Potestas, *s.* Cumhachd, comas, neart, cead, cothrom, fàth, éifeachd; sealbh.
Potio, *s.* Òl, deoch, dibh.
Potior, -iri, *v. dep.* Sealbhaich, faigh, coisinn, meal, buadhaich.
Potior, *adj.* A 's feàrr, a 's taitneiche.
Potis, *adj.* Vide Potens.
Potissimum, *adv.* Gu h-àraidh, gu sònruichte.
Potissimus, *adj.* A 's feàrr, a 's roghnuichte.
Potitor, *s.* Buadhaiche, fear-buadha, buadhaire, curaidh.
Potitus, *part.* Coisinnte, buadhaichte, ceannsaichte.
Poto, -are, *v a.* Òl, sùgh.
Potor, -ari, *v. pass.* Bi air mhisg, bi fuidh 'n daorach.
Potor, *s.* Misgear, pòitear.
Potorius, *adj.* Misgeach, òlmhor.

Potrix, *s.* Ban-mhisgear.
Potulentus, *adj.* So-òlta, misgeach.
Potus, *part.* Misgeach, air mhisg; òlta.
Potus, *s.* Deoch, dibh, òl.
Practicus, *adj.* So-dhèanaimh, dèanadach.
Prae, *prep.* Roimh, air son, a thaobh; *cum adjectivis præfixum:* glé, ro.
Praebeo, -ere, *v. a.* Builich, bàirig, thoir, tairg, nochdaraich, taisbean.
Praebitor, *s.* Fear-solair, solaraiche.
Praecedo, -ere, *v. a.* Roimh-imich, roimh-shiubhail, roimh-ghluais, thoir barrachd.
Praecello, -ere, *v. n.* Thoir barrachd, buadhaich.
Praecelsus, *adj.* Glé àrd, ro àrd, àrdaichte.
Praeceps, *adj.* An coinneamh a chinn; *locus:* cas, corrach; *animus:* cas, ceann-làidir, amaideach, baoth; *casus:* bras, calamh, grad.
Praeceps, *s.* Creag, bruthach.
Praeceptio, *s.* Munadh, oilcann, ionnsuchadh, teagasg.
Praeceptivus, *adj.* Ionnsachail, teagasgach.
Praeceptor, s. Fear-munaidh, oide-foghluim, comhairliche, maighstir.
Praeceptrix, *s.* Ban-mhaighstir, ban-oide foghluim.
Praeceptum, *s.* Àithne, reachd, comhairle, teagasg.
Praecerpo, -ere, *v. a.* Beàrr, geàrr, sgud, sgath.
Praecertatio, *s.* Ceudionnsuidh, ceud ruathar.
Praecido, -ere, *v. a.* Geàrr dheth, lom, geàrr.
Praecinctorium, *s.* Aparan, roimh-bhrat.
Praecipio, -are, *v. a.* Bac, roimh-ghabh; teagaisg, muin, àithn.
Praecipitatio, *s.* Tuiteam, tuirling; *animi:* braise, déine, caise.
Praecipitium, *s.* Bruthach, cas-leathad, creag, uchdach.
Praecipito, -are, *v. a.* Tilg an coinneamh a chinn, tilg sìos, iomain, cuibhil, deifrich.
Praecipue, *adv.* Gu h-àraidh, gu sònruichte, air leth.
Praecipuus, *adj.* Àraidh, sònruichte, air leth, òirdheirc, barraichte.
Praecisio, *s.* Giorrad, aithghearrachd.
Praeclarus, *adj.* Ro-shoilleir; uasal, allail, cliùiteach, òirdheirc.
Praecludo, -ere, *v. a.* Roimh-dhùin, roimh-dhruid.
Praeclusio, *s.* Roimh-dhùnadh, roimh-dhruideadh.
Praeco, *s.* Àrd mhaor rìgh, roimh-ruith-fhear, maorgairm.
Praeconium, *s.* Dreuchd àird mhaoir righ, glaodh, gairm fhollaiseach.
Praecordia, *s.* Sgairt.
Praecox, *adj.* Luathaireach, ro-luath.
Praecursio, *s.* Roimh-thachartas, roimh-thuiteam.
Praecursor, *s.* Roimh-ruith-fhear.
Praeda, *s.* Creach, faobh, buannachd shalach.
Praedabundus, *adj.* Creachach, faobhach, spùinnteach.
Praedatio, *s.* Creachadh, spùinneadh, spùinneadaireachd.
Praedator, *s.* Creachadair, spùinneadair, fear-reubainn.
Praedatorius, *adj.* Creachach, spùinnteach, reubannach.
Praedatrix, *s.* Ban-spùinneadair, ban-creachadair.
Praedestino, -are, *v. a.* Roimh-òrduich, roimhthagh.
Praediatorius, *adj.* Fearannach, maghach.
Praedicabilis, *adj.* Ion-mholta.
Praedicans, *part.* Aithriseach.
Praedicatio, *s.* Aithris, foillseachadh, moladh.
Praedicator, *s.* Fear-aithris, fear-foillseachaidh, fear-molaidh.
Praedio, -are, *v. a.* Foillsich, aithris, aidich, cuir an céill, mol.
Praedico, -ere, *v. a.* Roimh-innis, roimh-àithn, roimh-aithris.
Praedictio, } *s.* Roimh-innseadh, roimh-aithris,
Praedictum, } fàisneachd.
Praediolium, *s.* Mìr-fearainn, croit.
Praeditus, *adj.* Tìodhlaicte, builichte.
Praedium, *s.* Fearann, gabhail fhearainn, baile fearainn, oighreachd.
Praedo, *s.* Vide Praedator.
Praedor, -ari, *v. dep.* Spùinn, spùill, creach.
Praeeo, -iri, *v. a.* Roimh-imich, roimh-shiubhail, roimh-choisich.
Praefatio, *s.* Roimh-ràdh.
Praefectura, *s.* Uachdranachd.
Praefectus, *s.* Uachdaran, riaghlair.
Praefero, -erre, *v. a.* Roimh-chuir, roghnaich, gabh ort.
Praefoco, -are, *v. a.* Tachd, mùch.
Praegnans, *adj.* Torrach, trom, leth-tromach.
Praejudicatum, } *s.* Roimh-bheachd, roimh-bhar-
Praejudicium, } ail, claon-bhreith, claon-bhàigh.
Praelatio, *s.* Roghann, roghnuchadh.
Praelectio, *s.* Teagasg, mìneachadh.
Praeliaris, *s.* Cogachail, cathach.
Praelego, -are, *v. a.* Tiomnaich, thoir mar dhìleab.
Praeliator, *s.* Fear-cogaidh, curaidh, gaisgeach.
Praelior, -ari, *v. dep.* Cathaich, cog, dean strì.
Praelium, *s.* Cath, còmhrag, strì, connsachadh, comh-fharpuis.
Praemissa, *s. pl.* Ceud mheasan, ceud thoradh.
Praemium, *s.* Duais, tuarasdal; creach, faobh.
Praenomen, *s.* Ceud ainm, roimh-ainm.
Praeopto, -are, *v. a.* Roghnaich.
Praeparatio, *s.* Ullachadh, uidheamachadh, deasachadh.
Praeparo, -are, *v. a.* Ulluich, uidheamaich, deasaich.
Praepedimentum, *s.* Bacadh, amladh, grabadh, cnap-starraidh.
Praepedio, -ire, *v. a.* Cuibhrich, geimhlich, bac, amail.
Praepes, *adj.* Luath, luath-chasach, luath-shiùbhlach.
Praepono, -ere, *v. v.* Roghnaich, roimh-chuir.
Praepositio, *s.* Roghnachadh, roimh-chur; *grammaticè:* roimh-bhriathar.
Praeposterus, *adj.* Baoghalta, iomrallach, docharach, eu-céillidh, neo-amail.

Praeputium, *s.* Roimh-chraicionn.
Praequam, *adv.* An coimeas.
Praerogativa, *s.* Toiseach, tùs, roimh-inbhe.
Praeruptus, *part.* et *adj.* Bristc, sracta, sròicte, creagach, corrach, cas, garbh.
Praes, *s.* Urras, fear-urrais.
Praesagium, *s.* Amharus, teagamh, sanas, manadh.
Praescio, -ire, } *v. a.* Roimh-aithnich, roimh-
Praesciso, -ere, } chomharraich.
Praescribo, -ere, *v. a.* Roimh-sgrìobh; teagaisg, àithn, muin.
Praescriptio, } *s.* Sònruchadh, riaghailt, reachd,
Repleo, -ere, *v. a.* Lìon, ath-lìon, sàsaich.

Replum, *s.* Ursann, còmhla.

Repo, -ere, *v. n.* Snàig, crùb, dean màgaran, èal-aidh.

Repositorium, *s.* Glacadan, taisgeadan, alachain.

Repotia, *s.* Banais, banais tighe.

Reprehendo, -ere, *v. a.* Coirich, cronaich, achmhas-anaich.

Reprehensio, *s.* Coireachadh, cronachadh, ach-mhasan.

Reprimo, -ere, *v. a.* Ceannsaich, cuir srian ṙi, bac, caisg.

Reptatio, *s.* Snàigeadh, crùbadh, màgaran.

Repto, -are, *v. freq.* Vide Repo.

Repudiatio, *s.* Diùltadh, àicheadh, eadar-sgaradh, dealachadh, cur air falbh.

Repudio, -are, *v. a.* Diùlt, àicheadh, tréig, cùlaich, dealaich ṙi.

Repudium, *s.* Dealachadh, eadar-sgaradh, cuir air falbh.

Repugnantia, *s.* Neo-fhreagarrachd, neo-ṙiamalachd, eas-aontachd.

Requies, *s.* Fois, clos, fosadh, anail, sìothchaint.

Requiro, -ere, *v. a.* Iarr, sir, aslaich, guidh.

Res, *s.* Gnìomh, ni, cùis, cor; *publica:* comunn, comh-fhlaitheachd; *emolumenti:* buannachd, tairbhe, toradh; *universa:* saoghal.

Resalutatio, *s.* Co-fhàilte, co-fhàilteachadh, alt-achadh-beatha.

Rescindo, -ere, *v. a.* Gearr dheth, sgud, sgath, bris, fosgail, sgoilt, cuir as.

Resero, -are, *v. a.* Fosgail, noehd, foillsich.

Reservo, -are, *v. a.* Taisg, gleidh, cuir seachad.

Reses, *adj.* Leasg, dìomhain, lunndach, seamsanach.

Resideo, -ere, Resido, -ere, } *v. n.* Tàmh, fan, còmhnuich, gabh còmhnuidh, fuirich, tuinich.

Residuum, *s.* Fuigheall, spruilleach, fuighleach.

Resigno, -are, *v. a.* Fosgail; *lumina:* dùin, druid, *legem:* cuir as, cuir air cùl; *fata:* aithris, foill-sich; *urbem:* thoir suas, thoir seachad do.

Resimus, *adj.* Crom-shrònach, cam-shrònach.

Resina, *s.* Ròisead, bìth.

Resinatus, *part.* Resinosus, *adj.* } Ròiseadach, bìtheach.

Resipisco, -ere, *v. n.* Dean aithreachas, gabh aith-reachas.

Resisto, -ere, *v. n.* Ath-sheas, seas an aghaidh, cuir an aghaidh.

Resolvo, -ere, *v. a.* Vide Re et Solvo.

Resolutio, *s.* Fuasgladh.

Resonus, *adj.* Ath-fhuaimneach, ais-fhuaimneach.

Respecto, -are, *v. a.* Ath-sheall; meas, cuir meas air, urramaich.

Respectus, *s.* Ath-shealladh, ath-shealltuinn; meas, urram, spéis.

Respicio, -ere, *v. a.* Ath-sheall, beachdaich, cuimhnich, meòraich, cnuasaich; *auxilio:* cuidich.

Respiramen, *s.* Sgòrnan, deiteigheach.

Respiratio, *s.* Analachadh, tarruing analach.

Respiro, -are, *v. a.* et *n.* Analaich, tarruing anail, leig anail.

Respondeo, -ere, *v. n.* Freagair, co-fhreagair, còrd, bi freagarrach.

Responsio, Responsum, } *s.* Freagairt, freagradh.

Respublica, *s.* Comh-fhlaitheachd, comh-fhlaithe, comh-chomunn.

Restauro, -are, *v. a.* Aisig, thoir air ais, ath-bheoth-aich, ath-thog, ath-leasaich.

Restinctio, *s.* Casgadh, cosgadh, mùchadh, cur as.

Restinguo, -ere, *v. a.* Caisg, coisg, mùch, cuir as.

Restis, *s.* Còrd, sreang, teadhar, ròp, taod, ball.

Restituo, -ere, *v. a.* Aisig, thoir air ais, leasaich, ath-leasaich, ath-shuidhich.

Restitutio, *s.* Aiseag, toirt air ais, dìoladh, ath-dhìoladh, ath-shuidheachadh.

Restitutor, *s.* Fear-aiseig, ath-dhìoladair, fear-ath-shuidheachaidh.

Resto, -are, *v. n.* Seas, fuirich, mair, buanaich.
Restrictus, *part.* et *adj.* Ceangailte, cruaidh-cheangailte, daingnichte; *animo:* spìocach, crìon, mìodhoir, mosach, cruaidh, gann.
Restringo, -ere, *v. a.* Ceangail, cruaidh-cheangail, cuibhrich.
Resulto, -are, *v. freq.* Vide Re, et Salto.
Resumo, -ere, *v. a.* Ath-ghabh, ath-thog.
Retardo, -are, *v. a.* Bac, stad, grab, cuir stad air, amail.
Rete, *s.* Lìon, eangach, ribe, gòisne.
Retego, -ere, *v. a.* Fosgail, nochd, foillsich, taisbean.
Retentio, Retentus, *s.* Cumail, cumail air ais.
Reticentia, *s.* Tosd, clos, ceiltinn, cleith.
Reticeo, -ere, *v. a.* Bi tosdach, cum sàmhach, ceil, cleith.
Reticulum, *s.* Lìon, lìon beag; *crinium mulieris:* stiom, lìon fuilt.
Reticulus, *s.* Cliabhan, mùrlag, sgùlan.
Retinaculum, *s.* Ball, ròp, srian, iall-sréine, inneal cumail, no, bacaidh.
Retineo, -ere, *v. a.* Cum, caisg, bac, gléidh.
Retractatio, *s.* Ais-tharruing, tarruing air ais, cùlachadh, teicheadh.
Retracto, -are, *v. a.* Ath-laimhsich, ath-bheachdaich, àicheadh, cùlaich.
Retraho, -ere, *v. a.* Vide Re, et Traho.
Retribuo, -ere, *v. a.* Dìol, ath-dhìol, ìoc, aisig.
Retrimentum, *s.* Vide Recrementum.
Retro, *adv.* Air cùl, air cùlaobh, air ais.
Retrocedo, -ere, *v. n.* Rach air ais, teich, cùlaich.
Retrorsum, Retrorsus, *adv.* Air ais.
Retundo, -ere, *v. a.* Maolaich, mi-gheuraich, sìthich, ceannsaich.
Reverbero, -are, *v. a.* Buail air ais, ath-bhuail, ath-fhuaimnich.
Reverentia, *s.* Urram, mòr-urram, mòr-mheas, comraich, eagal, onoir, géill, cùram.
Revereor, -eri, *v. dep.* Urramaich, thoir urram do, onoraich.
Reversio, *s.* Pilleadh, tilleadh, ath-philleadh.
Revertor, -i, *v. dep.* Pill, till.
Revocamen, Revocatio, *s.* Ath-ghairm, ais-ghairm.
Revoco, -are, *v. a.* Vide Re et Voco.
Revolvo, -ere, *v. a.* Vide Re et Volvo.
Reus, *adj.* Coirichte, fuidh dhìteadh, casaidichte.
Rex, *s.* Rìgh, uachdaran, riaghlair.
Rhamnus, *s.* Sgitheach.
Rheda, *s.* Roth, carbad rotha, carbad, feun.
Rhedarius, *s.* Carbadair, cartair.
Rhetor, *s.* Ùr-labhairtear, fear deas-chainnteach, òraidiche, filidh.
Rheumatismus, *s.* Lòinidh, ronn-ghalar, nimheachan, greim-lòinidh.
Rhina, *s.* Sgait.
Rhoncus, *s.* Sitir, sitrich.
Rythmus, *s.* Rannachd.
Rica, *s.* Earrasaid, faluinn cinn.
Ricinus, *s.* Sar.
Rictus, *s.* Sreamadh, dréin, casadh fhiaclan, draoisg.
Rideo, -ere, *v. n.* vel *a.* Gàir, dean gàire, mag, dean magadh, dean sgeig air.
Ridibundus, *adj.* Gàireachdail, gàireach, àbhachdach.
Ridicularia, *s.* Àmhuiltean, àbhachdan, cleasachd.
Ridiculum, *s.* Fala-dhà, sùgradh, abhcaid.
Ridiculus, *adj.* Sùgrach, abhcaideach, mireagach, àbhachdail.
Rigatio, *s.* Uisgeachadh, fliuchadh, bogachadh, taiseachadh.
Rigeo, -ere, *v. n.* Ragaich, bi rag, bi meilichte.
Rigesco, -ere, *v. incept.* Fàs rag, ragaich.
Rigiditas, *s.* Raige; *morum:* cruas, deacaireachd, dùire.
Rigidus, *adj.* Fuar, rag, reòdhta, cruaidh, daingnichte; *moribus:* cruaidh, deacair, dùr; *animo:* daingean, seasmhach, do-ghluaiste.
Rigo, -are, *v. a.* Uisgich, fliuch, bog, bogaich, taisich.
Rigor, *s.* Fuachd, raige, cruas; *morum:* cruas, dearras, dùire.
Riguum, *s.* Uisgeachadh.
Riguus, *adj.* Fliuch, uisgidh, àitidh
Rima, *s.* Sgàineadh, sgoltadh, clais, gàg.
Rimor, -ari, *v. dep.* Sgrùd, rannsaich, fidrich.
Rimosus, *adj.* Sgàinteach, sgoilte, claiseach, gàgach.
Ringor, -i, *v. dep.* Sream, cuir draoisg ort, cuir dréin ort, cas t' fhiaclan.
Ripa, *s.* Bruach, oir; *maris:* tràigh, cladach.
Riparius *adj.* Bruachach, oireach, tràigheach.
Risio, *s.* Gàire, gàireachdaich, cùis-ghàire, culaidh-bhùird.
Risor, *s.* Gàireachdair, fear cridheil, fear aighearach.
Risus, *s.* Vide Risio.
Ritualis, *adj.* Deas-ghnathach.
Ritus, *s.* Deas-ghnath.
Rivalis, *adj.* Amhuinneach, aimhneach.
Rivalis, *s.* Fear comh-shréip, tnùthach, comh-shuiridheach.
Rivulus, *s.* Alld, sruth, sruthan.
Rivus, *s.* Sruth, amhuinn.
Rixa, *s.* Tuasaid, connsachadh, connspoid, trod, comh-strith, buaireas.
Rixans, *s.* Trodach, tuasaideach.
Rixator, *s.* Tuasaidiche, fear-tuasaid, ceann buaireis.
Rixor, -ari, *v. dep.* Dean tuasaid, troid, tog buaireas, dean aimhreit.
Rixosus, *adj.* Trodach, tuasaideach, buaireasach, aimhreiteach.
Roboreus, *adj.* Mar dharach, làidir, teann.
Roboro, -are, *v. a.* Neartaich, dean làidir.
Robor, *s.* Darach, fiodh, fiodh daraich; *corporis:* neart, spionnadh, lùth, treise; *animi:* tréine, misneachd, cruadal, gaisge, smior.
Robusteus, *adj.* Vide Roboreus.
Robustus, *adj.* Fallain, slàn, gleusda, gaisgeil, calma, dàna, tapaidh, garbh.
Rodens, *part.* Cnàimhteach.

Rodo, -ere, *v. a.* Creim, cagain, cnàmh.
Rogalis, *adj.* Adhlacail, adhlacach.
Rogatio, *s.* Ceist, faighneachd, iarrtas, iarruidh, guidhe.
Rogator, *s.* Iarraduir, fear-iarruidh, fear-siridh.
Rogatus, *s.* Vide Rogatio.
Rogito, -are, *v. freq.* Guidh, asluich.
Rogo, -are, *v. a.* Iarr, sir, guidh, athchuingich, feòraich, faighnich; *mutuo:* iarr iasachd, gabh iasachd.
Rogus, *s.* Teine-adhlaic, teine-torraidh.
Roratio, *s.* Braonadh, braon-shileadh.
Roratus, *part.* Braonach, dealtach, dealtaichte.
Rorifer, *adj.* Braonach, dealtach.
Roro, -are, *v. a.* Braon, sil mar bhraon, dealtraich, snith, drùchd.
Rorulentus, *adj.* Vide Roratus.
Ros, *s.* Braon, dealt, drùchd, driùchd.
Rosa, *s.* Ròs.
Rosaceum, *s.* Ola ròs.
Rosaceus, Rosarius, } *adj.* Ròsach.
Roscidus, *adj.* Braonach, dealtach, drùchdach.
Rosetum, *s.* Gàradh ròs.
Roseus, *adj.* Ròsach, mar ròs, ruiteach.
Rosio, *s.* Creimeadh, cagnadh, cnàmh.
Rosmarinus, *s.* Ròs màiri.
Rostellum, *s.* Goban, busan, gnosan.
Rostratus, *adj.* Gobach, gnosach, busach.
Rostrum, *s.* Gob; *piscium:* sròn; *pecoris:* bus; *hominis:* sròn; *navis:* gob, ceann-toisich.
Rota, *s.* Roth.
Rotans, *part.* Rothach, cuairsgeach.
Rotatio. *s.* Cuartalan, cuartachadh, cuairt.
Rotator, *s.* Fear-cuartachaidh, fear-cuartalain.
Rotatus, *s.* Vide Rotatio.
Roto, -are, *v. a.* Cuibhlich, cuir mu 'n cuairt.
Rotula, *s.* Rothan, roithlean.
Rotunditas, *s.* Cruinne.
Rotundus, *adj.* Cruinn, cuairsgeach.
Rubefacio, -ere, *v. a.* Deargaich, dean dearg, dean ruiteach, thoir rughadh air.
Rubillianus, *adj.* Dearg, ruiteach.
Rubellio, *s.* Ròisteach.
Rubellus, *adj.* Car dearg, breac-dhearg.
Rubens, *part.* et *adj.* Dearg, ruiteach.
Rubeo, -ere, *v. a.* Bi dearg, bi ruiteach, bi ruadh, fàs dearg.
Ruber, *adj.* Dearg; *crinis:* ruadh.
Rubesco, -ere, *v. incept.* Fàs dearg, fàs ruadh.
Rubeta, *s.* Màigean, màgach.
Rubetum, *s.* Preasarnach.
Rubeus, *adj.* Dearg, ruadh.
Rubidicundus, *adj.* Dearg, air dhath fola.
Rubiginosus, *adj.* Meirgeach; *animo:* tnùthach, gamhlasach.
Rubigo, *s.* Meirg; *annonæ:* fuar-dhealt, millcheò.
Rubor, *s.* Deirge, ruaidhe; *vultûs pro pudore:* rughadh.
Rubrica, *s.* Criath dhearg.
Rubus, *s.* Preas smeur, feàrr-dhris.
Ructo, -are, *v. n.* Ructor, -ari, *v. dep.* } Brùchd, raoichd.
Ructuosus, *adj.* Brùchdach, raoichdeach.
Ructus, *s.* Brùchdadh, raoichdeadh.
Rudens, *s.* Còrd acrach luinge, ball, taod, càball.
Rudicula, *s.* Liadh, ladair.
Rudimentum, *s.* Foir-theagasg, bunabhas, tionnsgnadh, toiseach.
Rudis, *adj.* Ùr, nuadh; *moribus:* aineolach, fiadhaich, allmhara, balachail.
Rudis, *s.* Vide Rudicula.
Rudo, -ere, *v. n.* Sitir, ràn mar asal.
Rudus, *s.* Spruilleach, sgruibleach.
Rufo, -are, *v. a.* Deargaich, dean dearg, dean ruadh.
Rufus, *adj.* Ruadh.
Ruga, *s.* Preasadh, casadh, crupadh.
Rugatus, *part.* Preasach, cas, crupta.
Rugo, -are, *v. n.* Cas, preas, bi preasach.
Rugosus, *adj.* Vide Rugatus.
Ruidus, *adj.* Garbh, neo-mhìn, neo-lìomhta.
Ruina, *s.* Tuiteam, leagadh, ìsleachadh, dìobhail, sgrios, bàs.
Ruinosus, *adj.* Tuiteamach, leagta, millte.
Ruma, Rumen, } *s.* Sine.
Rumex, *s.* Scalbhag, samh, samhadh.
Ruminatio, *s.* Cnàmh cìre, cnàmh na cìre; *mentis:* beachd-smuaineachadh, cnuasachd.
Rumor, *s.* Fuaim, fathunn, iomradh, tuairisgeul, sgeul, naidheachd.
Rumpo, -ere, *v. a.* Sgoilt, sgàin; *vires:* sgìthich, claoidh; *quasi pannum:* reub, srac; *fœdus:* bris.
Runcatio, *s.* Gart-ghlanadh.
Runcator, *s.* Fear-gart-ghlanaidh.
Runcina, *s.* Tuiriosg, locar.
Runco, -are, *v. a.* Gart-ghlan.
Ruo, -ere, *v. n.* Tuit, tuirling, leag, ìslich.
Rupes, *s.* Creag.
Rupicapra, *s.* Gabhair fhiadhaich.
Ruptor, *s.* Fear-brisidh.
Ruralis, *adj.* Dùthchail.
Ruricola, *s.* Fear-dùthcha, tuathanach.
Rursum, Rursus, } *adv.* Rìs, a rìs.
Rus, *s.* Dùthaich, tigh dùthcha.
Russus, *adj.* Air dhath feòla.
Rusticanus, Rusticarius, } *adj.* Dùthchail, balachail, bodachail, mi-mhodhail.
Rusticitas, *s.* Dùthchalachd, balachas, bodachas, aineolas.
Rusticula, *s.* Gearra gart.
Rusticus, *adj.* Vide Rusticanus.
Rusticus, *s.* Tuathanach, bodach, balach, ceatharnach.
Ruta, *s.* Rùdh.
Rutilens, *part.* Dèarsach, loinnreach, dealrach, ruiteach.
Rutilo, -are, *v. n.* Dèars, soillsich, bi ruiteach, dean ruiteach.
Rutilus, *adj.* Vide Rutilans.
Rutrum, *s.* Caibe, caibe-ruamhraidh, pleadhag.

SABBATICUS, *adj.* Sàbaideach.
SABBATUM, *s.* Sàbaid, là na Sàbaid, dòmhnach, di-dòmhnaich.
SABULETUM, *s.* Slochd-ghrìnneil.
SABULO, *s.* Grinneal.
SABULOSUS, *adj.* Grinnealach.
SABULUM, *s.* Grinneal, gaineamh.
SABURRA, *s.* Cudthrom socruchaidh, balaist.
SABURRALIS, SABURRATUS, *adj.* et *part.* Gaineamhach, grinnealach.
SACCARIUS, *adj.* Sacach, lnchdmhor, eallaichte.
SACCHARUM, *s.* Siùcair.
SACCIPERIUM, *s.* Màla.
SACCO, -ARE, *v. a.* Sìolaidh, troimh-shìolaidh.
SACCULUS, *s.* Màla beag, màileid, pòca.
SACCUS, *s.* Sac, màileid, màla, sporan ; *qua percolatur aliquid :* sìolachan.
SACELLUM, *s.* Caibeal, eaglais bheag, tigh-aoraidh.
SACER, *adj.* Naomh, coisrigte ; *diris :* mallaichte.
SACERDOS, *s.* Sagart, ban-shagart, ministeir; fiosaiche.
SACERDOTALIS, *adj.* Sagartach, sagartail.
SACERDOTIUM, *s.* Sagartachd, ministreileachd.
SACERDOTULA, *s.* Ban-shagart.
SACRA, *s.* Deas-ghnathan, aoradh.
SACRAMENTUM, *s.* Airgiod gill, mionnan, mionnan shaighdear.
SACRARIUM, *s.* Naomh ionad, àite coisrigte, caibeal, tigh-aoraidh.
SACRATUS, *part.* et *adj.* Coisrigte, naomh.
SACRICOLA, *s.* Sagart, fear-ìobraidh.
SACRIFICALIS, *adj.* Sagartach, ìobairteach.
SACRIFICATIO, *s.* Ìobradh.
SACRIFICIUM, *s.* Ìobairt.
SACRIFICO, -ARE, *v. a.* Ìobair, thoir suas.
SACRIFICULUS, *s.* Sagart, fear-ìobraidh.
SACRIFICUS, *adj.* Ìobairteil.
SACRIFICUS, *s.* Vide Sacricola.
SACRILEGIUM, *s.* Naomh-ghoid, naomh-mhèirle.
SACRILEGUS, *adj.* Naomh-ghoideach, aingidh, mi-naomha, ain-diadhaidh.
SACRIS, *adj.* Vide Sacer.
SACRO, -ARE, *v. a.* Coisrig, naomhaich.
SACROSANCTUS, *adj.* Naomh, naomhaichte, do-thruaillidh, do bhrisidh.
SACRUM, *s.* Ni naomh, ni coisrigte, ìobairt ; diadhachd.
SAECULUM, *s.* Vide Seculum.
SAEPE, *adv.* Tric, minic, gu tric, gu minic.
SAEPICULE, *adv.* Gach dara uair.
SAEVIO, -IRE, *v. n.* Bi air boile, bi buaireasach.
SAEVITIA, *s.* An-iochd, fraoch, gairge, ain-tighearnas, geur-achmhasan.
SAEVUS, *adj.* Garg, borb, buaireasach, fiadhaich, an-iochdmhor.
SAGA, *s.* Buitseach, baobh ; bean ghlic.
SAGACITAS, *s.* Géire, tùr, tuigse, toinisg, bunntamas, seanacarachd, sicireachd.
SAGAX, *adj.* Geur, tùrail, tuigseach, toinisgeach, bunntamach, seanacar, sicir.
SAGENA, *s.* Eangach, lìon-sgrìobaidh.
SAGINA, *s.* Lìonadh, dinneadh, reamhrachd.
SAGINARIUM, *s.* Lann-biadhaidh, fail, crò, fang.
SAGINATIO, *s.* Biadhadh, reamhrachadh.
SAGINO, -ARE, *v. a.* Biadh, reamhraich.
SAGIO, -IRI, *v. n.* Bi tùrail, bi sicir, bi tuigseach.
SAGITTA, *s.* Saighead, guineach.
SAGITTARIUS, *adj.* Saigheadach.
SAGITTARIUS, *s.* Fear-saighde, fear-saigheid.
SAGITTIFER, *adj.* Saigheadach.
SAGITTO, -ARE, *v. a.* Tilg saighead, caith saighdean.
SAGMEN, *s.* Trom-bhad.
SAGULUM, *s.* Cota geàrr, seacaid.
SAGUM, *s.* Faluinn, éididh uachdair.
SAGUS, *adj.* Fosrachail, fiosachail, fàisneachail.
SAL, *s.* Salann ; *mentis :* tuigse, géire, toinisg ; *lætitiæ :* àbhachd, sùgradh.
SALACIA, *s.* Pilleadh mara, iomairt thonn.
SALACITAS, *s.* Macnus, druis, collaidheachd.
SALARIUM, *s.* Tuarasdal, beathachadh, lòn.
SALARIUS, *adj.* Salannach.
SALAX, *adj.* Macnusach, druiseil, collaidh.
SALEBRA, *s.* Àite garbh, garbh ionad, cruas.
SALEBROSUS, *adj.* Garbh, mi-chòmhnard, deacair.
SALES, *s.* Abhcaidean, àmhuiltean, geur-fhreagairtean.
SALI, *s.* Eoin fhraoich.
SALICTUM, *s.* Doire seilich, craobhan seilich.
SALIENS, *s.* Spùtan.
SALINA, *s.* Slochd-shalainn.
SALINATOR, *s.* Fear-deasachaidh salainn.
SALIO, -IRI, *v. n.* Leum, danns, geàrr sùrdagan, leum air.
SALIO, -IRE, *v. a.* Saill.
SALITURA, *s.* Sailleadh.
SALIVA, *s.* Ronn, smugaid, seile ; blas.
SALIVARIUS, *adj.* Ronnach, smugaideach, seileach.
SALIVO, -ARE, *v. a.* Ronnaich, sil ronnan, bi ronnach.
SALIVOSUS, *adv.* Vide Salivarius.
SALIX, *s.* Seileach.
SALMO, *s.* Bradan, fìor-iasg.
SALSAMENTUM, *s.* Biadh saillte.
SALSILAGO, *s.* Uisge goirt, uisge saillte.
SALSITUDO, *s.* Saillteachd.
SALSURA, *s.* Sailleadh.
SALSUS, *adj.* Saillte ; *ingenio :* sùgach, àbhachdach àmhuilteach.
SALTATIO, *s.* Dannsa, leumnaich, sùrdagaich.
SALTATORIUS, *adj.* Dannsach, leumnach, sùrdagach.

Saltatrix, *s.* Ban-dannsair.
Saltatus, *s.* Vide Saltatio.
Saltem, *conj.* Co dhiu, mar an ceudna.
Salto, -are, *v. n.* Danns, leum, geàrr sùrdagan.
Saltuosus, *adj.* Coillteach.
Saltus, *s.* Coille, frìdh, fàsach.
Saltus, *s.* Leum, leummaich.
Saluber, *adj.* Fallain, slàn, tarbhach.
Salve, *v. def.* Fàilte dhuit, furan ort.
Salveo, -ere, *v. n.* Bi slàn, bi fallain.
Salum, *s.* Muir, fairge.
Salus, *s.* Slàinte, tèaruinteachd, leigheas, cuideachadh; fàilte, furan.
Salutaris, *adj.* Slàinteil, fallain, leigheasach, feumail.
Salutatio, *s.* Fàilteachadh, altachadh-beatha.
Salutator, *s.* Fear-fàilteachaidh.
Salutatrix, *s.* Bean-fhàilteachaidh.
Salutifer, *adj.* Slàinteil, leigheasach, ioc-shlàinteach.
Saluto, -are, *v. a.* Fàiltich; *abitû:* gabh cead le.
Salvus, *s.* Slàn, fallain, sunndach, tèaruinte.
Sambucus, *s.* Droman, craobh an dromain.
Sanabilis, *adj.* So-leigheas, so-leighis.
Sanatio, *s.* Leigheas, leasachadh.
Sanctio, -ire, *v. a.* Coisrig, naomhaich; *fœdus:* ceangail, daingnich; *legem:* reachdaich; *lege:* toirmisg, bac.
Sanctimonia, *s.* Cràbhadh, cràbhachd, dìlseachd, geamnuidheachd.
Sanctio, *s.* Coisrigeadh, naomhachadh; *fœderis:* ceangal, daingneachadh; *legis:* reachdachadh; *lege:* toirmeasg, bacadh.
Sanctor, *s.* Fear coisrigidh, fear-daingneachaidh.
Sanctus, *s.* Naomh, cràbhaidh, do-thruaillidh, glan, nèamhaidh, diadhaidh.
Sandalium, *s.* Cuaran, bròg, bonn-bhròg.
Sandapila, *s.* Carbad, ciste-luidhe, giùlan, caisil-chrò, crà-leabaidh.
Sandyx, *s.* Dath dearg.
Sanesco, -ere, *v. incep.* Fàs slàn, slànuich.
Sanguen, *s.* Vide Sanguis.
Sanguinalis, *adj.* Fuilteach, air dath fola.
Sanguinarius, **Sanguineus**, } *adj.* Fuilteach, fuileachdach, borb, an-iochdmhor.
Sanguino, -are, *v. n.* Sil fuil, sruth fuil.
Sanguinolentus, *adj.* Fuilteach.
Sanguis, *s.* Fuil.
Sanguisuga, *s.* Deal each, geal-tholl.
Sanies, *s.* Iongar.
Saniosus, *adj.* Iongarach, iongrach.
Sanitas, *s.* Slàinte, fallaineachd, sunndachd.
Sanna, *s.* Fochaid, magadh, sgeig, sgeigeireachd, abhcaid.
Sannio, *s.* Sgeigeir, fear fochaid, fear-magaidh, àmhuilteach.
Sano, -are, *v. a.* Leighis, slànuich.
Santerna, *s.* Miotailt glaodhach, borras.
Sanus, *adj.* Slàn, fallain; *mente:* ciallach, glic, toinisgeach.
Sapiens, *adj.* Glic, ciallach, toinisgeach, bunabhasach, tuigseach.
Sapientia, *s.* Gliocas, ciall, toinisg, tuigse, bunabhas.
Sapinus, *s.* Giubhas, craobh ghiubhais.
Sapio, -ere, *v. n.* Blais, biodh blas dhiot; *ingenio:* bi glic, bi ciallach.
Sapo, *s.* Siabunn.
Sapor, *s.* Blas, sògh.
Saporatus, *part.* Blasda, sòghmhor.
Sarcina, *s.* Ceanglachan, trusachan, trusgan, cual, ultach, àirneis.
Sarcinarius, *adj.* Ultachail, cualach, àirneiseach.
Sarcinator, *s.* Clùdair, bréidear, tàillear clùdach.
Sarcinula, *s.* Ultachan, pocan, sacan.
Sarcio, *s.* Clùd, clùdaich, leasaich, càraich.
Sarculatio, *s.* Gart-glanadh, glanadh, ràcadh, cliathadh.
Sarculo, -are, *v. a.* Gart-ghlan, glan, ràc, cliath.
Sarculum, *s.* Croman gàraidh, sgrìoban bùraich; ràcan; spaid.
Sarmen, *s.* Meanglan, meangan.
Sarmentities, **Sarmentosus**, } *adj.* Meanglanach, meanganach.
Sarmentum, *s.* Meangan, meanglan, geug.
Sartago, *s.* Friachdan, friochdan.
Sartura, *s.* Vide Sarculatio.
Sartus, *s.* Clùdta, clùdaichte.
Sat, *adv.* Leòr, ni 's leòir, foghnadh, pailteas.
Sata, *s.* Arbhar, diasan.
Satageus, *s.* Neach dripeil.
Satago, -ere, *v. n.* Bi dripeil, bi 'n ad chabhag, bi cuibhrichte.
Satelles, *s.* Fear léine chrios, gille, fear-fritheal-aidh.
Satias, *s.* Sàth, làn, ròic, seid.
Satiatus, *part.* Sàthach, làn, dinnte.
Satietas, *s.* Vide Satias.
Satio, -are, *v. a.* Sàthaich, sàsaich, lìon, dinn, gabh seid.
Satio, *s.* Cur, cur sìl.
Satis, *adj.* Leòr, leòir.
Satisdatio, **Satisdatum**, } *s.* Geall, urras.
Satisdo, -are, *v. a.* Thoir urras, thoir làn urras.
Satisfacio, -ere, *v. a.* Toilich, coimh-gheall, coimhlion; *debitum:* ìoc, dìol.
Satisfactio, *s.* Toileachadh, toileachas, aicheamhal, ath-dhìoladh, éiric.
Sativus, *adj.* So-chur, so-shuidheachaidh.
Sator, *s.* Fear-cuir, fear-curachd.
Satrapa, *s.* Riaghlair, uachdaran, flath.
Satrapia, *s.* Mòr-roinn, dùthaich, uachdranachd.
Satum, *s.* Ni cuirte, gart, fochann.
Satur, *adj.* Làn, sàthach, sàsaichte; *ager:* tarbhach, trom, torach.
Saturio, *s.* Glutair, geòcair.
Saturitas, *s.* Vide Satias.
Saturo, -are, *v. a.* Lìon, sàsaich, sàthaich.
Satus, *s.* Cur, suidheachadh.
Satyra, *s.* Aoir, aoireadh, éisgeadh, càineadh.
Satyricus, *adj.* Aoireach, aoireil, éisgeil, beumnach.
Satyrus, *s.* Uruisg, dia coille.
Sauciatio, *s.* Lìon, lìonadh, gonadh, ciùrradh.

Saucio, -are, *v. a.* Leòn, gon, guin, ciùrr, goirtich.
Saucius, *adj.* Leònta, gointe, ciùrrta, goirtichte.
Savillum, *s.* Bonnach, breacag.
Saxatilis, *adj.* Creagach.
Saxetum, *s.* Creag, creagarnach.
Saxeus, *adj.* Clachach, creagach; *animo:* cruaidh-chridheach, borb.
Saxifer, Saxificus, } *adj.* Clachach, clachaidh, creagach.
Saxifragum, *s.* Lus nan laogh.
Saxifragus, *adj.* Clach-bhristeach.
Saxosus, *adj.* Clachach, creagach.
Saxum, *s.* Creag, scòrr, cnoc, meall, màm, stùc.
Scabellum, *s.* Stòl chos, beingeag.
Scaber, *adj.* Claimheach, carrach, garbh, stacach, neo-chòmhnard.
Scabies, *s.* Claimh, càrr.
Scabiosus, *adj.* Claimheach, carrach.
Scabo, -ere, *v. a.* Tachais, sgrìob, sgròb.
Scabies, *s.* Gairbhe, stacaiche; grainndead, trustaireachd.
Scabritia, Scabrities, Scabrum, } *s.* Vide Scabies.
Scaeva, *s.* Làmh chlì, cearrag; car tual.
Scaevus, *adj.* Clì, ceàrr, tual.
Scala, *s.* Fàradh, staidhre.
Scalmus, *s.* Putag, scòrr.
Scalpellum, Scalpellus, } *s.* Sgian bheag; *chirurgicus:* lannsa, sgian fhola.
Scalper, *s.* Ealtainn.
Scalpo, -ere, *v. a.* Sgrìob, tachais, sgròb; grabhail.
Scalprum, *s.* Inneal grabhalaidh.
Scalptor, *s.* Grabhalaiche, fear-grabhalaidh.
Scalptura, *s.* Grabhaladh, grabhalachd.
Scambus, *adj.* Cam-chasach, crom-luirgneach, seòchlanach.
Scamillum, *s.* Vide Scabellum.
Scamnum, *s.* Being; *agri:* balc, bàn-dhruim.
Scandix, *s.* Cos-uisge.
Scando, -ere, *v. a.* Sreap, dìrich.
Scansilis, *adj.* So-shreapaidh, so-dhìridh.
Scansio, *s.* Sreap, sreapadh, dìreadh.
Scapha, *s.* Sgoth, geòla, curach.
Scaphium, *s.* Amar fuail, amar mùin.
Scapula, *s.* Slinnean, cnàimh-slinnein.
Scapularis, *adj.* Slinneanach.
Scapus, *s.* Cuinnlein, coiseag; *columnæ:* colbh.
Scarabaeus, *s.* Daol, daolag.
Scarificatio, *s.* Sgoradh, riachadh.
Scarifico, -are, *v. a.* Sgor, riach.
Scatebra, *s.* Tobar, fuaran.
Scateo, -ere, *v. n.* Sruth, ruith.
Scaturiginosus, *adj.* Tobarach, fuaranach.
Scaturigo, *s.* Tobar, fuaran.
Scaturio, -ire, *v. n.* Sruth, brùchd, taom, taosg.
Scaurus, *adj.* Sgabhrach, pliutach, spàgach.
Sceleratus, *part.* Truaillte, truaillidh, aingidh, aindiadhaidh, mallaichte.
Scelero, -are, *v. a.* Truaill, salaich.
Scelerosus, *adj.* Truaillidh, collaidh, macnusach.
Scelestus, *adj.* Aingidh, eucoireach, mallaichte.
Sceloturbe, *s.* Claimh thioram, breac-shìth.
Scelus, *s.* Aingidheachd, gnìomh aingidh, slaight, droch-bheart, dò-bheart.
Scena, *s.* Sgàile, sgàil-ionad, àite-seallaidh.
Sceptrum, *s.* Slat-rìoghail, slat-shuaicheantais.
Schola, *s.* Tigh-foghluim, sgoil, oil-thigh.
Scholasticus, *adj.* Sgoileach, sgoileireach, foghluimte.
Scholium, *s.* Clàr-mìneachaidh, mìneachadh.
Sciens, *part.* et *adj.* Teòma, eòlach, fiosrach.
Scientia, *s.* Fios, fiosrachd, eòlas, teòmachd.
Scilicet, *s.* Gu deimhin, gun teagamh, sin r' a ràdh, mar sin.
Scindo, -ere, *v. a.* Sgoilt, sgàin, reub, srac, geàrr, roinn, bloighdich.
Scintilla, *s.* Srad, sradag, dril.
Scintillatio, *s.* Sradadh.
Scintillo, -are, *v. n.* Srad, bi sradach.
Scintillula, *s.* Sradag, drithlis.
Scio, -ire, *v. a.* Fiosraich, aithnich, gabh eòlas, bi eòlach.
Scipio, *s.* Lorg, bata, maide làimh.
Scirpus, *s.* Luachar.
Scirrus, *s.* Calum.
Scissitor, -ari, *v. dep.* Fiosraich, fidrich.
Scisco, -ere, *v. a.* Feòraich, sònruich, reachdaich.
Scissor, *s.* Fear-gearraidh, gearradair.
Scissura, Scissus, } *s.* Gearradh, sgoltadh, sgàineadh, reubadh.
Scitor, -ari, *v. dep.* Fidrich, rannsaich, sgrùd.
Scitum, *s.* Reachd, achd, statuin.
Scitus, *part.* et *adj.* Aithnichte, fiosraichte, teòma, eòlach, glic, ciallach.
Sciurus, *s.* Feòrag, èarrag.
Scius, *adj.* Eòlach, fiosrach, teòma.
Scloppus, *s.* Gleadhar, cnap, sgleog.
Scobina, *s.* Inneal-locraidh, no lìomhaidh.
Scobs, *s.* Dus, duslach, smùr, garbhan.
Scolymos, *s.* Farusgag.
Scombrus, *s.* Rannach, ronnach.
Scopa, *s.* Eàrr thalmhainn, athar-thalmhainn.
Scopae, *s.* Sguab, sguabach, barrach.
Scopio, *s.* Bagaid, bagailt, gagaid.
Scopula, *s.* Sguabag.
Scopulosus, *adj.* Creagach, scorrach, sgeireach; deacair, doirbh, garbh.
Scopulus, *adj.* Creag, scòrr, sgeir, sgeir mhara.
Scopus, *s.* Cuspair, ball-amais, ball cuimse.
Scordalus, *adj.* Mòr-chuiseach, spagluinneach.
Scoria, *s.* Smùr, smùireach, fotus, salchar.
Scorpio, *s.* Scorpion.
Scortator, *s.* Fear-siùrsachd, fear-strìopachais, druisear.
Scorteus, *adj.* Seicheach, leatharach.
Scortum, *s.* Siùrsach, strìopach, sgliùrach.
Screator, *s.* Fear ròchdail, fear casadach.
Screatus, *s.* Ròchdail, casadaich.
Screo, -are, *v. a.* Ròc, casadaich.
Scriba, *s.* Sgrìobhaiche, sgrìobhair, sgrìobhadair.
Scribo, -ere, *v. a.* Sgrìobh, cuir sìos, aithris.
Scrinium, *s.* Tasgadan, cobhan.

Scriptio, *s.* Sgrìobhadh, sgrìobhaireachd.
Scriptor, *s.* Vide Scriba.
Scriptorius, *adj.* Sgrìobhach, sgrìobhadach.
Scriptum, *s.* Sgrìobhadh, litir; *poeticum:* duan.
Scriptura, *s.* Sgrìobhadh, sgrìobhaireachd, modh-sgrìobhaidh.
Scrobiculus, *s.* Claiseag.
Scrobs, *s.* Clais, dìg, staing.
Scrofa, *s.* Sean mhuc.
Scrofipascus, *s.* Buachaille mhuc.
Scrofula, *s.* Tinneas an righ, easba-bràghaid.
Scrotum, *s.* Magairle.
Scrupeus, *adj.* Mion-chlachach, grinnealach.
Scrupi, *s.* Tàileasg, cluich fhear-feòirne.
Scruposus, *adj.* Grinnealach, garbhanach; *animo:* agail, amharusach, teagamhach.
Scrupulositas, *s.* Min-theagamh, amharus, obadh, agalachd, amharusachd.
Scrupulosus, *adj.* Grinnealach, gainmhineach; *animo:* agail, amharusach, teagamhach.
Scrupulus, *s.* Teagamh, ag, amharus.
Scrupus, *s.* Fear-feòirne, fear-tàileisg.
Scruta, *s.* Bàrlagan, treallaich, sean àirneis.
Scrutatio, *s.* Rannsachadh, fidreachadh, ceasnachadh, sgrùdadh.
Scrutator, *s.* Fear-rannsachaidh, rannsaiche, sireadair, fear-sgrùdaidh.
Scrutor, -are, *v. dep.* Sgrùd, rannsaich, fidrich, ceasnaich.
Sculpo, -ere, *v. a.* Vide Scalpo.
Sculponea, *s.* Bròg fhiodha.
Sculptilis, *adj.* Grabhalta, grabhalaichte.
Sculptor, *s.* Grabhalaiche, fear-grabhalaidh.
Sculptura, *s.* Grabhaladh, grabhalachd.
Scurra, *s.* Sgeigeir, magaire, fear-magaidh, àmhuilteach, cleasaiche.
Scurrilis, *adj.* Sglamhruinneach, draosda, amasgaidh, éisgeil.
Scurrilitas, *s.* Sglamhruinn, draosdachd, amasguidheachd, éisgealachd.
Scurror, -ari, *v. dep.* Mag, sgeig, cluich àmhuilt-ean.
Scutale, *s.* Iall-sgèithe.
Scutarius, *adj.* Sgiathach.
Scutarius, *s.* Fear-dèanaimh sgiath; *miles:* fear-sgèithe.
Scutatus, *adj.* Sgiath-armaichte.
Scutella, *s.* Mias.
Scutica, *s.* Sgiùrs, slat-sgiùrsaidh, sgiùrsair.
Scutigerulus, *s.* Fear-giùlain sgèithe.
Scutula, *s.* Miasag, sgiathag.
Scutum, *s.* Sgiath, caoimh-sgiath, targaid.
Se, *accus. pron.* E féin, i féin, iad féin.
Se, *adj.* Sè, sèa.
Se, *prep. insep.* A thaobh, air cùl.
Secale, *s.* Seagal.
Secamentum, *s.* Mìrean, crioman, cearb, bloigh, bìdeag, luideag.
Secedo, -ere, *v. n.* Rach a thaobh, teich, cùl-sleamhnaich, cùlaich.
Secerno, -ere, *v. a.* Sgair, dealaich, eadar-sgair.
Secespita, *s.* Sgian-ìobraidh.
Secessio, } *s.* Dol a thaobh, teicheadh, dealachadh,
Secessus, } cùlachadh.
Seco, -are, *v. a.* Geàrr, sgath, reub, srac, roinn, cagain.
Secretio, *s.* Sgaradh, dealachadh, roinn.
Secretum, *s.* Cùil, ionad uaigneach, uaigneas; *mente:* rùn, dìomhaireachd.
Secretus, *part.* et *adj.* Dealaichte, sgarta, uaigneach, dìomhair.
Secta, *s.* Barail, luchd-barail, luchd-tuairgnidh.
Sectator, *s.* Fear-baralach.
Sectilis, *adj.* So-ghearraidh, so-sgathaidh, so-shracaidh.
Sectio, *s.* Arbhartachadh, arfuntachadh, cobhartachd, faobh.
Sectivus, *adj.* Ath-ghearrta, iom-ghearrta.
Sector, *s.* Lean, dlùth-lean, ruaig, fògair.
Sector, *s.* Fear-gearraidh, gearradair, geàrr-sporan, fear-arfuntachaidh.
Sectura, *s.* Gearradh, sgoltadh, sracadh, reubadh, sgathadh.
Secula, *s.* Fàladair, ealtainn.
Seculum, *s.* Linn, aois, ùine; ceud bliadhna.
Secunda, *s.* Soirbheas, àdh, piseach.
Secundae, *s.* Sreothann.
Secundarius, *adj.* Dara, an dara.
Secundo, -are, *v. a.* Thoir soirbheas do, dean àdhmhor; *præcepto:* géill do.
Secundus, *adj.* An dara, an ath; *fortuna:* àdhmhor, sealbhach.
Securicula, *s.* Tuadhag, tuadh bheag.
Securus, *s.* Tuadh, tuagh.
Securitas, *s.* Tèaruinteachd, tèarmunn, dìon; *animi:* cion-faicill, mi-chùram, neo-shùim; muinghinn, barantas.
Securus, *adj.* Tèaruinte, cinnteach, foisneach, mi-chùramach, neo-shuimeil.
Secus, *prep.* Fagus air, fagus do.
Secus, *adv.* Air mhodh eile, air mhearachd.
Sed, *conj.* Ach, gidheadh.
Sedatio, *s.* Sìtheachadh, ciùineachadh, casgadh.
Sedeo, -ere, *v. n.* Suidh, tàmh, fan, fuirich, bi suidhichte.
Sedes, *s.* Suidheachan, suidheagan, àite còmhnuidh, àite-tàimh.
Sedigitus, *s.* Neach sè-mheurach.
Sedile, *s.* Suidheagan, suidheachan, being.
Sedimentum, *s.* Dràbhag, grunndas, grunnasg, dèasgann.
Seditio, *s.* Ar a mach, ceannairc, éirigh, buaireas.
Seditiosus, *adj.* Ceannairceach, buaireasach.
Sedo, -are, *v. a.* Ciùinich, sìthich, foisich, caisg.
Seduco, -ere, *v. a.* Thoir a thaobh, dealaich, sgair, meall.
Seductio, *s.* Toirt a thaobh, dealachadh, mealladh.
Seductus, *s.* Uaigneas, ionad dealaichte, cùil, ionad-foluich.
Sedulitas, *s.* Dìchioll, cùram, buan-dhùrachd, dlùth-oidhirp, leanmhuinneachd.
Sedluus, *adj.* Dìchiollach, cùramach, buan-dhùrachdach, dlùth-oidhirpeach.
Seges, *s.* Arbhar, bàrr, foghar.

Segmen, *s.* Bloigh, bloighd, roinn, carann.
Segmentatus, *adj.* Bloigheach, bloighdeach, earr-annach.
Segmentum, *s.* Vide Segmen.
Segnipes, *adj.* Mall-shiùbhlach, mall-cheumnach.
Segnis, *adj.* Mall, trom, leasg, lunndach, gealtach, cagalach, marbhanta.
Segnitia, *s.* Moille, truime, leisg, lunndachd, gealt-achd, marbhantachd.
Segrego, -are, *v. a.* Tearb, sgair, eadar-sgair, deal-aich.
Segrex, *s.* Neach tearbta, neach dealaichte.
Sejunctio, *s.* Dealachadh, sgaradh, tearbadh.
Sejungo, -ere, *v. a.* Dealaich, sgair, tearb, eadar-dhealaich.
Selectio, *s.* Taghadh, roghnachadh, roghann, rogh-adh.
Seligo, -ere, *v. a.* Tagh, roghnaich.
Sella, *s.* Cathair, suidheachan.
Sellaria, *s.* Ionad suidhe.
Semel, *adv.* Aon uair, aon chuairt.
Semen, *s.* Sìol, fras, ros, àl, gineal.
Sementis, *s.* Cur, curachd.
Semermis, *adj.* Neo-armaichte, rùisgte, lom.
Semet, *accus. pron.* E féin, esan féin, ise féin, iad-san féin.
Semi, *indecl.* Leth.
Semiambustus, *part.* Leth-loisgte.
Semianimis, *adj.* Leth-mharbh.
Semigro, -are, *v. n.* Vide Se, *prep.* et Migro.
Semimas, *s.* Caillteanach.
Seminalis, *adj* Sìolmhor, sìolach, rosach, frasach.
Seminarium, *s.* Màthair-aobhair, tàrmachadh, bun, freumh.
Seminatio, *s.* Cur, curachd.
Seminator, *s.* Fear-cuir.
Seminium, *s.* Sìol, gineal, àl.
Semita, *s.* Lorg, frith-rathad, slighe, aisridh.
Semivir, *s.* Caillteanach.
Semper, *adv.* A ghnàth, an còmhnuidh, do ghnàth.
Sempiternus, *adj.* Sìorruidh, bith-bhuan, neo-chrìochnach.
Senaculum, *s.* Tigh-comhairle.
Senator, *s.* Comhairleach, àrd-chomhairleach, fear-comhairle.
Senatus, *s.* Comhairle, àrd-chomhairle, luchd-comh-airle, seanadh.
Senatusconsultum, *s.* Reachd, achd.
Senecio, *s.* Grunnasg.
Senecta, Senectus, } *s.* Aois, sean-aois, aosmhorachd.
Senectus, *adj.* Aosmhor, sean.
Seneo, -ere, *v. n.* Bi sean, bi aosmhor.
Senesco, -ere *v. incep.* Fàs sean, fàs aosmhor.
Senex, *adj.* Sean, aosda, aosmhor.
Seni, *adj.* Sèathnar.
Senilis, *adj.* Vide Senex.
Senio, *s.* Sèa, sè.
Senium, *s.* Vide Senectus.
Sensum, *s.* Smuain, beachd, barail.
Sensus, *s.* Mothachadh, faireachduinn, càil, ciall, seadh, brìgh, tuigse, toinisg, breithneachadh.

Sententia, *s.* Barail, beachd, tuigse, breithneach-adh, breth, breithceanas, crìoch, rùn; *judicis:* binn, breth.
Sententiosus, *adj.* Geàrr-bhriathrach, brìoghmhor, ràidhteach.
Senticetum, *s.* Preasarnach, droighneach.
Sentina, *s.* Slochd, slochd-shalchair; *navis:* pìob-thaosgaidh; *populi:* gràisg.
Sentio, -ire, *v. a.* Mothaich, fairich, breithnich, tuig; smaoinich, baralaich.
Sentis, *s.* Dris, droighionn.
Sentus, *adj.* Garbh, bàrlagach, luideagach.
Seorsum, Seorsus, } *adv.* Gu dealaichte, air leth, leis féin.
Separabilis, *adj.* So-dhealachaidh, so-sgaraidh.
Separatio, *s.* Dealachadh, sgaradh, eadar-dhealach-adh.
Separo, -are, *v. a.* Dealaich, sgair, eadar-dhealaich.
Sepelibilis, *adj.* So-adhlacaidh, so-thorraidh.
Sepelio, -ire, *v. a.* Adhlaic, tiodhlaic, tòrr.
Sepes, Sepimentum, } *s.* Callaid, ganail, bidean.
Sepio, -ire, *v. a.* Iom-dhruid, cuartaich le callaid.
Sepono, -ere, *v. a.* Vide Se, *prep.* et Pono.
Seps, *s.* Nathair nimhe.
Septemfluus, *adj.* Seachd-shruthach.
Septemplex, *adj.* Seachd-fillte.
Septendecim, *adj.* Seachd-deug.
Septeni, *adj.* Seachdnar.
Septentrio, *s.* An àirde tuath.
Septentrionalis, *adj.* Tuath, tuathach, tuathail.
Septies, *adv.* Seachd cuairt.
Septimum, *adv.* An seachdamh cuairt.
Septimus, *adj.* An seachdamh.
Septingeni, *adj.* Seachd ceud.
Septingentesimus, *adj.* An seachd ceudamh.
Septingenti, *adj.* Seachd ceud.
Septio, *s.* Gàradh, dìg, being.
Septuaginta, *adj.* Trì-fichead 's a deich.
Septum, *s.* Mainnir, crò, buaile, callaid.
Sepulchralis, *adj.* Uaigheach, tuamach.
Sepulchrum, *s.* Uaigh, tuam, cladh, cill.
Sepultura, *s.* Adhlacadh, tiodhlacadh, torradh.
Sequax, *adj.* Leanmhuinneach, sùbailte, bìgheanta.
Sequens, *part.* Leanmhuinneach.
Sequester, *adj.* Réiteachail.
Sequester, *s.* Fear-réite, fear-breth, fear-tagraidh.
Sequor, -i, *v. dep.* Lean, ruaig, fuadaich, dean tòir air.
Sera, *s.* Glas, crann, dreall.
Serenitas, *s.* Ciùine, ciùineachd, fèath.
Sereno, -are, *v. a.* Dean soilleir, soilleirich.
Serenum, *s.* Fèath, uair chiùin.
Serenus, *adj.* Ciùin, soilleir, sàmhach, fèitheil.
Seria, *s.* Nithe cudthromach.
Seria, *s.* Soire.
Sericum, *s.* Sìoda.
Sericus, *adj.* Sìodach.
Series, *s.* Òrdugh, sreath, sreàd; *hominum:* gineal, sinnsir.
Serio, *adv.* A rìreadh, do rìreadh.
Seriola, *s.* Soireachan.

Serius, *adj.* Cudthromach, trom, sònruichte.
Sermo, *s.* Bruidhean, cuinnt, labhairt, sgeul.
Sermocinatio, *s.* Bruidhean, labhairt, còmhradh.
Sermocinor, **-ari**, *v. dep.* Bruidhinn, labhair, dean còmhradh.
Sero, *adv.* Anmoch, gu h-anmoch, air dheireadh.
Sero, **-ere**, *v. a.* Cuir, suidhich ; sgaoil.
Sero, **-ere**, *v. a.* Figh, dualaich, ceangail, tàth, co-thàth.
Serotinus, *adj.* Anmoch, feasgarach.
Serpens, *s.* Nathair.
Serpentinus, *adj.* Nathaireach, mar nathair, lùbach.
Serpo, **-ere**, *v. n.* Snàig, dean màgaran.
Serpyllum, *s.* Lus mac Righ Bhreatainn.
Serra, *s.* Tuiriosg, sàbh.
Serratula, *s.* Lus mic bheathaig, glasair-choille.
Serta, *s.* Blàth-fhleasg.
Sertula Campana, **Serta Campana**, *s.* Seamrag.
Sertum, *s.* Vide Serta.
Serva, *s.* Ban-tràill, bean-mhuinntir.
Servabilis, *adj.* So-ghleidhidh.
Servans, *part.* et *adj.* Gléidhteach, cùramach, faicilleach, aireil.
Servator, *s.* Fear-gleidhidh, fear-saoraidh, fear-tèarnaidh.
Servilis, *adj.* Tràilleil, tàrlaideach.
Servio, **-ire**, *v. n.* Seirbhisich, dean seirbhis do, fritheil do.
Servitium, **Servitus**, *s.* Tràillealachd, daorsa.
Serum, *s.* Meòg, blàthach, bainne goirt.
Serum, *s.* An t-anmoch, beul na h-oidhche.
Servo, **-are**, *v. a.* Gleidh, cum, cuimhnich, coimhid, dìon, caithris.
Serus, *adj.* Anmoch, fadalach, deireannach, air dheireadh.
Servus, *adj.* Tràilleil, fuidh dhaorsa, tàrlaideach.
Servus, *s.* Tràill, tàrlaid.
Sescuplum, *s.* Uiread gu leth.
Sese, *pron.* E féin, i féin, iad féin.
Sesqui, *s.* Uiread gu leth.
Sessilis, *adj.* Cràiceach, cràiceanach.
Sessimonium, *s.* Cobhan coisrigte.
Sessio, *s.* Suidhe.
Sessor, *s.* Fear-suidhe, tàmhaiche, fear-àiteachaidh.
Seta, *s.* Friodhan, calg ; *ad piscandum :* driamlach, teilg.
Setiger, **Setosus**, *adj* Friodhanach, calgach.
Seu, *conj.* No, air neo, air no.
Severitas, *s.* Stòldachd, gruamachd, dearrasachd, mùgachd, géire.
Severus, *adj.* Stòlda, teann, cruaidh, smachdail, gruamach, mùgach, geur.
Sevosus, *adj.* Créiseach, geireach, reamhar, mèath, sailleach.
Sevum, *s.* Créis, geir, saill, bloinig.
Sex, *s.* Sèa, sè.
Sexageni, *adj.* Trì fichead.
Sexagesimus, *adj.* An trì ficheadamh.
Sexaginta, *adj.* Trì fichead.
Sexangulus, *adj.* Sèa-oisinneach.
Sexceni, **Sexcentum**, *adj.* Seà ceud.
Sexcentesimus, *adj.* An sèa ceudamh.
Sexante, *adj.* Sèa ceud.
Sexdecim, *adj.* Sèa deug.
Sexennium, *s.* Sèa bliadhna.
Sexies, *adv.* Sèa cuairt.
Sextum, *adv.* An sèathamh cuairt.
Sextus, *adj.* An sèathamh.
Sexus, *s.* Gineal, cineil, gnè.
Si, *conj.* Ma, a thaobh gu, gu, gu 'n ; gidheadh.
Sibilo, **-are**, *v. n.* Srann, séid, dean fead ; *contemptu :* càin, dìt, éigh sìos.
Sibilum, *s.* Vide Sibilus.
Sibilus, *adj.* Feadach, srannach.
Sibilus, *s.* Fead, srann.
Sic, *adv.* Mar, mar sin, mar so, a réir, a thaobh gu.
Sica, *s.* Biodag, sgian dùbh, sgian.
Sicarius, *s.* Mortair, mortair plaid-luidhe.
Siccaneus, *adj.* Tiuram.
Siccanus, *adj.* Tioram, dèasgaidh.
Siccatio, *s.* Tiormachadh.
Sicce, *adv.* Mar so, a réir so.
Siccesco, **-ere**, *v. n.* Tiormaich, fàs tioram.
Siccitas, *s.* Tiormachd, tart ; leanntachd.
Sicco, **-are**, *v. a.* Tiurmaich, sùgh, sruab suas.
Siccum, *s.* Talamh tioram.
Siccus, *adj.* Tioram, tartmhor, gun sùgh.
Sicubi, *adv.* Ge b' e àite.
Sicut, *adv.* Mar, cho maith ri.
Sicuti, *adv.* Dìreach mar.
Sideralis, *adj.* Reannagach, reultach.
Sideratio, *s.* Crìonadh, dàthadh, losgadh suas.
Sidereus, *adj.* Vide Sideralis.
Sideritis, *s.* Clach-iùil.
Sido, **-ere**, *v. n.* Suidh air, luidh air, rach fuidhe, sìolaidh sìos.
Sidus, *s.* Reannag, reul.
Sigillum, *s.* Seul, saoil.
Signator, *s.* Fear-seulaidh, fear-seulachaidh.
Signatura, *s.* Seuladh, seulachadh, comharrachadh.
Signifer, *adj.* Grabhailte, cnapaichte, buacta.
Signifer, *s.* Fear-brataich.
Significans, *part.* et *adj.* Samhlach, seadhach, brìoghmhor.
Significantia, **Significatio**, *s.* Seadh, brìgh, seadhachadh, ciall, ciallachadh.
Significatus, *s.* Foillseachadh, roimh-aithris.
Significo, **-are**, *v. a.* Nochd, feuch, samhlaich, thoir rabhadh.
Signo, **-are**, *v. a.* Comharraich, seulaich, grabhail, aithris, foillsich.
Signum, *s.* Comharradh, seul, suaicheantas.
Sil, *s.* Crèadh bhuidhe.
Silaceus, *adj.* Buidhe.
Silanus, *s.* Spùtan, pìob uisge, goc, feadan.
Silens, *part.* Tosdach, sàmhach, ciùin, neo-fhuaimneach.
Silentium, *s.* Tosd, sàmhchair, uaigneas.
Sileo, **-ere**, *v. n.* Bi tosdach, bi 'n ad thosd, bi sàmhach, bi ciùin.

Siler, *s.* Gad.
Silesco, -ere, *v. incept.* Fàs tosdach, fàs sàmhach.
Silex, *s.* Ailbhinn, spor, clach-theine, airtein.
Siliceus, *adj.* Ailbhinncach, sporach.
Silicula, *s.* Plaosgan, cochullan.
Siliqua, *s.* Cochull, rùsg, plaosg, mogul.
Siliquor, -ari, *v. pass.* Bi plaosgach, bi cochullach, bi mogulach.
Silva, *s.* Coille, frìdh, coill.
Silvaticus, *adj.* Coilleach, coillteach.
Silvesco, -ere, *v. incept.* Fàs tiugh, fàs coillteach.
Silvester, *adj.* Coillteach, fiadhaich, borb.
Silviger, Silvosus, } *adj.* Coillteach.
Silvula, *s.* Doire, badan.
Simia, *s.* Apa, apag.
Simila, Similago, } *s.* Min mhìn, plùr.
Similis, *adj.* Coltach, coslach, cosmhuil.
Similitudo, *s.* Coltas, coltachd, coslachd, cosmhuileachd, samhladh, mac-samhuil.
Simius, *s.* Vide Simia.
Simplex, *adj.* Aon-fhillte, neo-choimeasgta; *animo:* còir, simplidh, treibhdhireach, dìreach, neo-chiontach.
Simplicitas, *s.* Aon-fhillteachd; simplidheachd, còire, treibhdhireas, neo-chiont.
Simplus, *adj.* Aon-fhillte, aon.
Simpulum, *s.* Cuach-ìobraidh.
Simul, *adv.* Còmh-luath, 's an aon àm, cuideachd, maraon, araon, fòs.
Simulacrum, *s.* Mac-samhuil, ìomhaigh; taibhse, tannasg.
Simulamen, *s.* Ìomhaigh, dealbh.
Simulans, *part.* et *adj.* Gnùis-mhealltach, cealgach, cluainteach.
Simulatio, *s.* Gnùis-mhealladh, cealgaireachd, cluain.
Simulator, *s.* Cluaintear, cealgair, gnùis-mhealltair.
Simulo, -are, *v. a.* Dean coltach, gabh coltas, gnùis-mheall, gabh ort, meall.
Simultas, *s.* Tnùth, fuath, gamhlas.
Sin, *conj.* Ach mo, ach mar.
Sinape, Sinapi, } *s.* Sgeallan, mustard.
Sinceritas, *s.* Dìlsealachd, treibhdhireas, còire.
Sincerus, *adj.* Dìleas, treibhdhireach, còir, fìor, glan.
Sinciput, *s.* Eudann, ceann-aghaidh.
Sindon, *s.* Anart grinn.
Sine, *prep.* A dh' easbhuidh, as eugmhais, gun.
Singularis, *adj.* Aon, aon-fhillte; sònruichte, eugsamhail, leis féin.
Singularius, *adj.* Aonar, aon is aon.
Singultans, Singultiens, } *part.* Cneadach, ospagach, plosgach.
Singulto, -are, *v. freq.* Cnead, plosg, thoir ospag.
Singultus, *s.* Cnead, aileag, aileagaich, ospag, plosgadh.
Singulus, *adj.* Gach, aon, gach aon.
Sinister, *adj.* Clìth, cèarr, tual, donasach, aimhleasachd.
Sinisteritas, *s.* Clìtheachd, donasachd, aimhleasachd.
Sinistra, *s.* Làmh chlì, taobh clì.
Sinistrorsum, *adv.* Gu tual, gu clì, air an taobh chlì, gus an taobh chlì.
Sino, -ere, *v. a.* Ceadaich, luasaich, leig le.
Sinum, *s.* Cuach, cuman, cuman-bleodhain.
Sinuo, -are, *v. a.* Crom, lùb, fiar, dean fiar, dean crom, snìomh.
Sinuosus, *adj.* Lùbach, snìomhanach, cam.
Sinus, *s.* Broilleach, uchd, cridhe; *vestis:* filleadh; *oculi:* lag; *maris:* cneas, caolas; *navis:* seòl.
Sipho, *s.* Pìob, feadan.
Siquidem, *conj.* Ma 's e gu, a thaobh gu.
Siren, *s.* Maighdean mhara, maighdean chuain.
Sirpatus, *part.* Ceangailte, cearclaichte.
Sirpea, *s.* Brat luacharach; *piscatoris:* àbh.
Sirpus, *s.* Luachar, cunnlcin luachrach.
Sisara, Sisaron, } *s.* Fraoch.
Siser, *s.* Meacan buidhe.
Sisto, -ere, *v. a.* et *n.* Stad, cuir stad air, bac, grab, seas, cum air ais; *quasi sitem:* caisg.
Sitella, *s.* Poiteag.
Siticulosus, *adj.* Tartmhor, pàiteach.
Sitiens, *part.* et *adj.* Tartmhor, pàiteach, ìotmhor, cìocrach, sanntach.
Sitio, -iri, *v. a.* Bi tartmhor, bi air phathadh, sanntaich.
Sites, *s.* Tart, ìotadh, pathadh, sannt, déigh, miann.
Situla, Situlus, } *s.* Bucaid, cuinneag.
Situs, *s.* Suidheachadh, bunchar, cor, luidhe.
Sive, *conj.* No, air neo.
Smilax, *s.* Inghar, craobh iughair.
Smyrnium, *s.* Lus-an-liagaire.
Soboles, *s.* Fiùran, meanglan; *hominum:* sìol, gineal, sliochd, àl.
Sobolesco, -ere, *v. incept.* Sìolaich, fàs lìonmhor.
Sobrietas, *s.* Stòldachd, measarrachd.
Sobrinus, *s.* Mac peathar màthar.
Sobrius, *adj.* Stòlda, measarra, stuama, ciallach, glic.
Soccatus, *adj.* Brògach, cuaranach.
Soccus, *s.* Bròg, cuaran.
Socer, *s.* Athair céile.
Socia, *s.* Ban-chompanach, bean-chuideachaidh.
Sociabilis, *adj.* So-cheangail, so-dhlùthachaidh, comh-chòrdail, cuideachdail.
Socialis, *adj.* Càirdeach, còmhlanach, cuideachdail, conaltrach, aoidheil.
Socialitas, *s.* Càirdeachd, còmhlanachd, conaltrachd, aoidhealachd.
Societas, *s.* Comunn, co-chomunn, càirdeas, dàimh, co-dhàimh, cuideachdas.
Socio, -ari, *v. a.* Càraidich, ceangail, caignich, aon, co-aon, naisg, thoir aoidheachd do.
Socius, *adj.* Cuideachail, càirdeach, dàimheil, buintinneach.
Socius, *s.* Caraid, còmhlan, dàimheach, fear-comuinn.
Socordia, *s.* Mi-chùram, dearmad, leisg, seamsanachd, lunndachd.

Socors, *adj.* Mi-chùramach, dearmadach, leasg, seamsanach, lunndach.
Socrus, *s.* Màthair-chéile.
Sodalis, *s.* Còmhlan, companach, guailleachan, co-chaidreach.
Sodalitas, *s.* Còmhlanachd, companas, co-chaidreachd.
Sodalitium, *s.* Co-chomunn, co-bhràthrachas.
Sodes, *interj.* Guidheam ort.
Sol, *s.* Grian.
Solamen, *s.* Sòlas, comhfhurtachd.
Solanum, *s.* Lus-na-h-oidhche.
Solaris, *adj.* Grianach.
Solarium, *s.* Uaireadair-gréine.
Solatium, *s.* Vide Solamen.
Solator, *s.* Fear-sòlais, comhfhurtair.
Solea, *s.* Bròg, bonn bhrog.
Solearius, *s.* Grèasaich.
Soleatus, *adj.* Brògach.
Solen, *s.* Fèasgan, mùsgan.
Solenne, *s.* Àrd fhéill, òrdugh bliadhnail.
Solennis, *adj.* Bliadhnail, gnàthach.
Solens, *part.* Gnàthach, àbhaiseach, cleachdaidh.
Soleo, -ere, *v. n.* Cleachd, gnàthaich, bi cleachdta.
Solers, *adj.* Teòma, ealanta, deas, tùrail, seòlta, eòlach.
Solertia, *s.* Teòmachd, ealantachd, deise, tùralachd, seòltachd.
Solicitatio, *s.* Tàladh, tarruing, griosadh, buaireadh.
Solicitator, *s.* Fear-tàlaidh, fear-tarruing, buaireadair.
Solicito, -are, *v. a.* Buair, tàlaidh, tarruing, grios.
Solicitudo, *s.* Iomaguin, ro-chùram, iom-luasgadh, iom-cheist, farran.
Solicitus, *adj.* Iomaguineach, ro-chùramach, iom-cheisteach, farranach, buaireasach, iom-luaisgte.
Solidatio, *s.* Tàthadh, ceangal, co-thàthadh.
Soliditas, *s.* Daingneachd, tiughachd, gramalas, tomad.
Solido, -are, *v. a.* Cruadhaich, teannaich, co-dhaingnich.
Solidum, *s.* An t-iomlan, an t-uile.
Solidus, *adj.* Daingean, tiugh, cruaidh, gramail, teann, làn, brìoghmhor.
Solitarius, *adj.* Aonarach, aonaranach, uaigneach, cianail.
Solitudo, *s.* Aonarachd, aonaranachd, uaigneas, fàsach.
Solitus, *part.* Àbhaiseach, àbhaisteach, gnàthach, gnàthaichte.
Solivagus, *adj.* Seabhaideach, iom-shiùbhlach.
Solium, *s.* Cathair rìoghail; *ad lavandum:* tuba, soitheach, cùdainn.
Solo, -are, *v. a.* Fàsaich, dìth-làraich; *sole:* tiormaich, grianaich.
Soloecismus, *s.* Cron-sgrìobhaidh, cron-labhairt, mi-fhreagarrachd.
Solor, -ari, *v. dep.* Comhfhurtaich, sòlasaich, cuidich le, caisg.
Solstitium, *s.* Grian-stad.
Solum, *s.* Fonn, talamh, fearann, làr, urlar; *pedis:* bonn.
Solum, } *adv.* A mhàin.
Solummodo, }
Solvo, -ere, *v. a.* Fuasgail, sgaoil, saor, cuir saor; *vires:* fannaich, lagaich, claoidh.
Solus, *adj.* 'N a aonar, aonarach, leis féin.
Solutilis, *adj.* So-fhuasglaidh.
Solutio, *s.* Fuasgladh, *pecuniæ:* dìoladh, ìocadh; *quasi obsidis:* saoradh, cur fa sgaoil.
Solutus, *part.* et *adj.* Fuasgailte, fosgailte; *pecunia:* dìolta, ìocta; *opus:* coimhlionta, crìochnaichte; *res variæ:* troimh chéile, ùpraideach; *cœlum:* ciùin; *moribus:* ana-measarra, mi-stuama; *nix:* air aiteadh; *prædia:* saor.
Somniator, *s.* Bruadaraiche, aislingiche.
Somniculosus, } *adj.* Codalach, cadalach, tromsanach.
Somnifer, }
Somnio, -are, *v. n.* Bruadraich, faic bruadar, no, aisling.
Somnificus, *adj.* Vide Somniculosus.
Somniosus, *adj.* Bruadarach, aislingeach.
Somnium, *s.* Aisling, bruadar, faoin smuain.
Somnus, *s.* Codal, cadal.
Sonabilis, *adj.* Fuaimneach, àrd-fhuaimneach.
Sonans, *part.* et *adj.* } Fuaimneach, tormanach, labhar.
Sonax, *adj.* }
Sonepes, *s.* Steud, steud-each.
Sonitus, *s.* Fuaim, guth, stairirich, toirm, farum, straidhlich.
Sonivius, *adj.* Vide Sonans.
Sono, -are, *v. n.* Fuaimnich, dean fuaim, dean toirm, thoir gliong, gliong, seinn, seirm, buail.
Sonor, *s.* Fuaim, farum, stairirich, bradhadh, straidhlich.
Sonorinus, *adj.* Farumach, stairireach, fuaimneach.
Sonorus, *adj.* Fuaimneach; *melos:* binn, ceòlmhor.
Sons, *adj.* Coireach, ciontach, lochdach.
Sonticus, *adj.* Cronail, aimhleasach, donasach, amasguidh.
Sonus, *s.* Fuaim, guth; *musicus:* fonn, téis.
Sophia, *s.* Gliocas.
Sophisma, *s.* Reusonachadh meallta, mealltachd, gabhd.
Sopio, -ire, *v. n.* Cuir 'n a chodal, cuir 'n a shuain.
Sopor, *s.* Suain, surram-suain, trom-chodal.
Soporifer, *adj.* Vide Somnifer.
Soporo, -are, *v. a.* Vide Sopio.
Soporus, *adj.* Codalach, tromsanach, turra-chodalach.
Sorbeo, -ere, *v. a.* Sruab, sùgh, òl.
Sorbilis, *adj.* So-òl, so-shùghaidh.
Sorbillum, } *s.* Brochan, easach, biadh tana.
Sorbitio, }
Sordens, *part.* Salach, mosach, drabastach.
Sordeo, -ere, *v. n.* Bi salach, bi drabastach, bi mosach, bi mìodhoir.
Sordes, *s.* Salachar, drabastachd, fotus, trustaireachd, gaorr, druaip; *hominum:* gràisg; *animi:* mìodhoireachd, gainne, spìocaiche.
Sordesco, -ere, *v. incept.* Fàs salach, fàs truaillidh, no, mìodhoir.

Sordidus, *adj.* Salach, drabastach, trustaireach, mosach, mìodhoir, spìocach.
Sorex, *s.* Radan.
Soricinus, *adj.* Radanach.
Soror, *s.* Piuthair.
Sororicida, *s.* Mortair peathar.
Sororius, *adj.* Piutharail.
Sors, *s.* Dàn, crannchur, tuiteamas, cor; *vitæ:* inbhe, suidheachadh, dreuchd.
Sortilegium, *s.* Crannchur, tilgeadh-chrann, fiosachd, druidheachd.
Sortilegus, *s.* Druidh, fiosaiche.
Sortio, -ire, *v. a.* Tilg croinn.
Sortior, -iri, *v. dep.* Tilg croinn, cuir crannchur; faigh, buannaich, sònruich.
Sortitio, *s.* Tilgeadh chrann.
Sortitor, *s.* Fear-tilgidh chrann.
Sortitus, *s.* Vide Sortitio.
Sospes, *adj.* Tèaruinte, slàn, fallain.
Sospitalis, *adj.* Slàn, slàinteach.
Sospitator, *s.* Vide Servator.
Sospito, -are, *v. a.* Cum slàn, tèaruinn, saor.
Soter, *s.* Vide Servator.
Spadix, *s.* Corcur, dath dearg.
Spado, *s.* Caillteanach, neach, no, ainmhidh spothta.
Spadonius, *adj.* Aimrid, searg, spothta.
Spargo, -ere, *v. a.* Sgap, sgiot, crath, iom-sgaoil.
Sparsio, *s.* Sgapadh, sgaoileadh, iom-sgaoileadh.
Sparsus, *part.* et *adj.* Sgaoilte, sgapta, iom-sgaoilte.
Spasmus, *s.* Iodh.
Spasticus, *adj.* Iodhach, fuidh iodhaibh.
Spatha, *s.* Liadh, greidilean; *textoris:* slinn.
Spatior, -ari, *v. dep.* Spaidsirich, dean spaidsireachd.
Spatiosus, *adj.* Farsuing, mòr, leathan, fada.
Spatium, *s.* Fad, astar; *temporis:* ùine; *itineres:* turus.
Specialis, *adj.* Àraidh, sònruichte, air leth.
Species, *s.* Dreach, dealbh, cumadh, coltas, ìomhaigh, sealladh, gnè.
